àirdeanna, *s. pl.* Constellations.
àirdeil, -e, *a.* Inventive, contriving, ingenious.
air deireadh, *adv.* Last
†airden,‖ *s.* Symptom.
àirde 'n làin, *s.f.* High-water, full tide.
àirdhe, *s. f.* Wave. 2 Sign.
air dheadh, *conj.* Otherwise, or else.
air dheireadh, *adv.* Behind.
àird inbhe, *s. f. ind.* see àrd inbhe.
airdleag,** See airleag.
air do, *conj.* As. Air dhomh bhi teàrnadh, *as I was coming down*; air dhomh a thogail (in the past sense) *after I had lifted it.*
air dòigh, *adv.* In order.
àird-reachd, *s. m.* Supreme law. 2 Synod.
†àirdreim, *s. f.* High style, magnificence. 2 Flights in poetry.
àird-righ, see àrd-righ.
àird-thoir, see àird-an-ear.
àird-tuath, -e-tuath, *s.f.* The North. the north point. Gaoth na h-àirde-tuath, *the north wind*; a dh'ionnsuidh na h-airde-tuath, *to the North.* [Always preceded by the article.]
aire, *s.f. ind.* Notice, heed, attention. 2 Regard. 3 Caution, watching, watchfulness, observation. 4 Mind, intention, thoughts, design. Thug iad aire dhomh, *they gave me th ir attention*; fo aire, *under observation, in custody*; gun aire dhomh, *unknown to me*; *without my notice*; thoir an aire, *take care*; àit' aire, *observatory*; taigh aire, (also taigh faire) *observato y, a house where a corpse is or where vigils are held over a corpse, (late-wake)*; 'aire leagta air saoghail dhorcha, *his thoughts fixed on worlds unknown*; thoir an aire dhomh, *attend to me.*
aireach, -eiche, *a.* Attentive. 2 Cautious, circumspect. 3 Subtle. 4 *rarely* violent, hostile. 5** see aireachail.

àireach, -ich, *s.m.* Cattleman. 2 Grazier. 3 Dairyman. 4** Shepherd.
There is confusion in Gaelic between "àireach" and Old Irish "aire(cn)"—from which "airidh", *worthy*. The bó-aire, *cow-lord*, was the free tenant of ancient Ireland. "aireach" owes its long vowel to a confusion with àraich, *rear*.‡

aireach, (W. Isles *a.* see aithreach.

air ach, *s.m.* †Shield. 2† Watch, guard. 3** Watchman.

———adh, -aidh, *s.m.* Attention, on one's guard.

———ail, -e, *a.* Attentive, watchful, observant, circumspect, applicative, aware. 2** Sober. 3**; *a-reay* hostile, violent.

àireachas, -ais, *s.m.* Pastoral life. 2 Tending cattle. 3 Office of a herdsman. 4 Summer pasture for black cattle. 5** Watchfulness.

air eagal gu, *conj.* Lest.

†aireal,‡ *s.* Bell.

†aireamach,** *a.* Feeble.

àireamh, -eimh, *s.f.* Number, quantity. 2 Numbering, numeration, account. Gann an àireamh, *few in number*.

àireamh, *pr.pt.* àireamh, *v.a.* Number, count, compute. Có a dh'àirmheas dusdach Iacoib ? *who can count the dust of Jacob ?*

———ach, -aich, *s.m.* Accountant. 2 Numerator. 3 Numeral.

———ach, *a.* Numerical.

———achail,** *a.* Arithmetical.

———acud, *s.f.ind.* Numbering, numeration, computation. 2 Arithmetic.

———aich, *v.a.* see àireamh.

———air,** *s.m.* Arithmetician. 2 Accountant.

———ar,** *fut. pass.* of *v* àireamh.

———daireachd *s.f.* see àireamhachd.

———fhear, -fuir, see àireamhair.

——— -tomhais,‡‡ *s.f.* Mensuration, mathematics.

àirean, -ein, -eanan, *s. m.* Ploughman. 2 Goadsman.

———ach,* *a.* Agricultural.

———achd,* *s.f. ind.* Agriculture.

†aireannach,** -aich, *s.m.* Beginning.

†airear,** -ir. *s.m.* Food. 2 Satisfaction, choice. 3 Harbour, bay.

†airearra,** *a.* Pleasant, satisfactory.

aireasg,** -eisg, *s.f.* Apple of the eye. 2 Vision, sight.

air éiginn, *adv.* With difficulty.

aire-ionad,** *s.m.* Observatory.

air fad, *prep.* Through, throughout. 2 Among. 3 During. Mharbhadh iad air fad, *they were all killed*.

air falbh, *adv.* Away, gone.

air falbh ! *int.* Avaunt !

air falbhan,** *adv.* A-foot.

air fasgadh, *adv.* A-leeward.

air feadh, *adv.* Throughout. 2 Among. 3 During. [Governs the Genitive case.]

air 'fhad, *adv.* (*lit.* on its length) Lengthwise.

†airfid, see oirfeid.

†———each, -eiche, *a.* see oirfeideach, *a.*

†———each, -ich, *s.m.* ,, ,, *s.*

†———eachd, } see oirfeideachd.

†———eadh,** }

air fògradh, *adv.* In exile.

air fuaradh, *adv.* A-head, a-windward, a-hold.

†airg,** *s.m.* Prince.

airgead, (MM) see airgiod.

air ghaol, *prep.* For the love of, on account of.

airgheadadh, -aidh, *s.m.* Cause of woe.

airgheam, -ein, -eanna, *s.m.* Bridle-rein. 2 Symptom. Airgheanna bàis, *the symptoms of death*.

airghir,** *s. f.* Cow-calf.

air ghleus, *adv.* Ready. 2 In tune.

air gnàdh, *adv.* For the love of, on account of.

air ghrau, *adv.* On ball bearings, as a cycle.

airgiod, -id, *s.m.* Silver. 2 Money. 3 Riches, money in general of whatever kind. 'S e gaol an airgid ireamh gach uile, *the love of money is the root of all evil;* uair eadair airgid, *a silver watch*; cha robh mi gun airgiod, *I was not without money*. For compound words see below.

———ach, -aiche, *a.* Abounding in silver or money, rich, silvery.

———-aiseig, -id-, *s.m.* Ferry-money.

———-beò, -id-, *s.m.* Quicksilver, mercury.

———-cagailte, -id-, *s.m.* Hearth-money.

———-caorach, (CR)-id-, *s.m.* Slate or almond.

———-ceann, (JM) -id-, *s.m.* Reward offered for the head of a rebel or outlaw.

———-cinn, -id-, *s.m.* Poll-tax.

———-geal, -id-ghil, *s.m.* Silver money.

———-iasaid, -id-, *s.m.* Lent money, money given on loan.

———-làimhe, -id-, *s.m.* Ready-money.

———-luachra,§ -id-, *s.m.* (*lit.* silver rush) Meadow-sweet. see crios Chuchulainn.

———-réidh,** -id-, *s.m.* Interest of money.

———-ruadh, -id-, *s.m.* Copper money.

———-t inteir, -id-, *s.m.* Hearth-money.

———-toite, -id-, *s.m.* ,, ,,

———-ullamh, -id-, *s.m.* Ready money.

†airgne, } *s.m.* Robbery, pillage, plunder.
†airgneadh, }

airid, see araidh.

airidh, *s. f. ind.* Merit, desert, worth. Is math an *a.* e, *he richly deserves it;* is olc an *a.* e, *it is a pity*.

airidh, *a.* Worthy, deserving, excellent. 2 Famous. 3 Fit, meet, suitable. Cha'n airidh mi air, *I am not worthy of it;* is ro airidh thu air moladh, *thou art very worthy of praise; a.* air aithreachas, *meet for repentance*.

àiridh, -e, *pl.* -ean, & -nean, *s.f.* Summer residence for herdsmen and cattle. 2 Hill pasture. 3 Level green among hills. 4§ Wild plum, see plumbair fiadhain.
Bothan airidhe, *or* taigh airidhe, *the sheiling;* Airidh duamh, *a pasture for oxen*.

airidh,** *s.m.* Green grove. 2 Place where osiers grow.

airidh-ghaoil, *a.* Lovely. 2 Deserving. 3 Amiable.

airidh-mhagaidh, *a.* Ridiculous, worthy of derision.

†airigh, see àraidh. 2**s.m. Prince, ruler.

airilleach, -eich, *s.m.* (†aireal) Sleepy person.

†airilleau,** -ein, *s.m.* Party, faction.

air ionadan, *adv.* Adrift.

air iomrall, } *adv.* Astray.
air ionndrainn, }

†airis,** *s. f.* Firebrand. 2 Charcoal. 3 Knowledge.

——, *s. f.* & *v. a.* see aithris.

——each, -ich, -ichean, see aithriseach.

†airiseau,** -ein, *s.m.* Appointment, order.

air lagh, *adv.* Ready. 2 Cocked up. 3 Strung, as a bow.

†airle,** *s. f.* Advice.

†airleac,** *v.* Borrow. 2 Lend. see airleag.

airleacach,** *a.* Ready or willing to lend. 2 Ready to borrow. 3 Of, or pertaining to a loan. see airleagach.

†airleacadh,** -aidh, *s.m.* Borrowing. 2 Lending. see airleagadh.

†airleach,** -ich, *s.m.* Skirmish, rencontre.

àirleag, -eig, *s. f.* High flight. 2 Project. 3 Fancy, whim.

airleag, -eig, *s. f.* Jerk, sudden pull, shove, toss, fling, jostle. 2 Strait, want.

———, *v.a.* Borrow. 2 Lend.

airleagach, *a.* Ready or willing to lend, 2 Ready to borrow. 3 Of, or pertaining to a loan.
àirleagach, *a.* Flighty, fanciful, whimsical.
airleagadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Borrowing. 2 Lending.
airleas, -eis, *s.m.* Earnest, pledge.
airleig, -e, *s.f.* Strait. Tha mi 'n airleig, *I am in a strait.*
airleigeach,* *a.* Urgent.
air leth, *adv.* Separately, apart.
airlich, see fairtlich.
———, -ichean, *s.m.* Lender.
airlig, see airlich.
airlis, see airleas.
air los, *prep.* For the purpose of.
airm, *n.pl.* of arm. (*gen. pl.* arm) Arms, weapons. 2 Armour. 3 Place. Gun airm, *without arms;* a.rm àlainn, *beauteous armour;* ball airm, *a weapon.*
——-chrios, -is, *s.m.* Military shoulder-belt.
——-cheard, *s.m.* Armourer.
——-cheardach, -aich, *s.m.* Armourer's smithy.
†airmeart,** -eirt, *s.m.* Order. 2 Custom.
air mhagaran, *adv.* On all fours.
àirmheadh, *3p. sing. & pl. imper.* of *v.* àireamh.
àirmhear, *fut. pass.* of *v.* àireamh.
air mhearaichinn,** *adv.* Insane.
àirmhich, *v.a.* see àireamh.
àirmhidh, *fut. aff. act.* of *v.* àireamh.
†airmhidh,** *s.m.* Vow, promise.
air mhodh, *adv.* So that, in such a manner that.
†airmid.** *s. f.* Honour, worship, reverence. 2 Custom. 3 Swan.
airmis, see eirmis.
———each, see eirmiseach.
———eachd, see eirmiseachd.
airm-lann, -lainn, *s.m.* see arm-lann.
airm-mnuir,** *.m.* Naval arms, navy.
airm-neimhneach, *s.pl.* Poisoned arms.
airmseach, see eirmiseach.
————d, see eirmiseachd.
airm-theine, *s.pl.* Fire-arms.
airm-thilgidh, *s.pl.* Missive weapons.
air muin, *prep.* On the back, mounted on. 2 On the top or summit. 3** On, upon, above. Air a mhuin, *on his back, upon him;* air a muin, *on her.*
air mullach, *adv.* A-top.
airndeal, (AF) *s.m.* Stag.
àirne, *s.f.* Sloe, wild plum, damascene—*prunus spinosa.*
airne (for àirnean) see àra.
airneach, *a.* Kidneyed. 2 Valiant. 3 Full of sloes.
airneach, -ich, *s.m.* Murrain in cattle. †2** Seed of shrubs.
àirneag, -eig, -an, *s.f., dim.* of àirne. Preas àirneag, *a sloe bush.*
————ach, -aicne, *a.* Full of sloes. 2 Like a sloe. 3 Of, or belonging to a sloe. Preas *a.*, *a bush loaded with sloes,* also *a sloe bush.*
àirneagaibh, *dat. pl.* of àirneag.
†airneamh,** -eimh, *s.m.* Grinding stone. 2 Hone.
airnean,** -ein, *s.m.* Watching at night.
àirnean, *s., pl.* of àra. Tha m'àirnean 'g am theagasg, *my reins teach me.*
airneas,** -eis, *s.m.* Watchfulness.
————ach,** *a.* Watchful. 2 Nephritic.
àirneig, *gen. sing.* of àirneag.
àirneis, *s.f. ind.* Household furniture or stuff. 2 Cattle, stock. 3 Moveables. 4 Accoutrements. 5**Assortment. Am measg an airneis féin, *in the midst of their own stuff;* àirneis taighe, *household furniture.*
————each, -eiche, *a.* Belonging to furniture.
——— -iarruinn, *s.f.* Implements, tools.

7. Airne.

àirneisich, *v.a.* Furnish. 2 Equip.
air neo, *adv.* Else, otherwise. Air neo an t-sleagh mu bheil do làmh, *otherwise the spear your hand grasps.*
àirnibh, *dat. pl.* of àirne.
airnmheadh, (AF) *s.m.* Herd of cattle.
airn-sgrùdach,** *a.* Antinephritic.
air-san, *Emphat. form* of *prep. pron.* air.
airse,** *s. f.* Arch, vault.
air seachran, *adv.* Astray.
air sgàth, *prep.* For the sake of.
†airsge,** *s. f.* Contemplation, musing.
air sgeul, *adv.* Found, not lost.
air sheòl, *adv.* So that, in such manner.
airsid,* *s. f.* Unanimity.
———each, -diche, *a.* Unanimous, harmonious, agreeing.
———eachd, *s. f.* Unanimity, harmony, agreement, concord.
air siùdan, *adv.* Adrift.
airsneag, ** -eig, *s. f.* Arsenic.
airsneal, -eil, *s.m.* see airtneal.
————ach, see airtnealach.
————achd,* see airtnealachd.
air son, *prep.* For, on account of. 2 By reason of. 3 Instead of. [Governs the Genitive case.] Air a son, *for her;* air an son, *for them;* air son an fhuachd, *by reason of the cold;* tha iad ag ullachadh air son na seilge, *they are preparing for the hunting;* tha mi fada 'n ad chomain air son mar a ghabh thu ris na thubhairt mi, *I am much obliged to you for* (*in respect of*) *the attention you paid to what I said;* air son nam firean, *for the sake of the righteous.*
air son gu, *adv.* Because that.
air son sin, *adv.* Because of that, notwithstanding.
airsteal, see airtneal.
————ach, see airtnealach.
aire, *gen. sing.* of art.
airteagal, -ail, *s.m.* Article.
airteal, see airtneal.
———ach, see airtnealach.
airtean, } see artan.
airtein, }
air tholseach, *adv.* Foremost, in the van. 2 **A-head.
airtine, see artan.

airtneal, -eil, *s.m.* Weariness. fatigue. 2 Sadness, langour, depression of spirits, distress, sorrow. 3 Strait, difficulty. Spiorad airtneil, *the spirit of heaviness;* co a dh'innseas *a.* na Féinne? *who can tell the sorrows of the Fingalians?*

———ach, -aiche, *a.* Weary. 2 Depressed, sad, melancholy, troubled. 3 Vexing. 4 Causing sadness. Tir *a.*, *a weary land.*

air tir, *adv.* On land.

air tòir air, *prep.* After, in pursuit of.

air tra gh *adv.* Ashore.

air tùs, . dv Firsi, foremost.

air nairi.a, *adv.* Occasionally, sometimes.

air uamhann,** *adv.* Aghast.

ais, *adv.* Back, backwards This word is only used in composition. Air t'ais! *stand back!* thàinig e air 'ais, *he returned;* thàinig i air a h-ais, *she returned;* bheir mi iad air an ais, *I will bring them back.* Air is 's air ais, *forwards and backwards—Reay country.*—A.G.

†ais, *s.m.* Hill. 2 Stronghold. 3 Covert. 4 Shingles to cover houses. 5 Dependence. 6 Loan. 6 Cart, waggon. 7** Money.

àis,(AC) *s.m.* Milk. 2 Milk preparation. 3 Dainty, delicacy, nectar, ambrosia. 4 Wisdom. àis na mnà sithe, *the wisdom of the fairy woman.*

ais-adhlaic,** *v a.* Disinter.

†aisc,** -e, *s. f.* Request, petition. 2 Damage. 3 Trespass. 4 Reproach.

ais-cheumnaich, *v.n.* Retire, withdraw.

aisde, *prep. pron.* Out of her, out of it. [Emphatic forms, aisde-se, aiste-fhéin.] Earbaidh e aisde, *he will trust in her.*

†aisde,** *s.f.* Poem. 2 Ingenuity.

aisdeach,** -ich, *s.m.* Gay diverting fellow.

———,** -iche, *a.* Mimic.

———an,** *s.pl.* Sports, diversions, pastimes.

ais-dhealradh, -aidh, *s.m.* Catoptrics.

aisdigheachd,** *s.f.* Jest.

†ais-dreoir, *s.m.* Traveller.

†aisdridh, *s. f.* Translation, digression.

aisead, -eid, *s.f.* Delivery, child-birth. 2 ** see aiseid. Ag a—, *pr.pt.* of aiseid.

aiseadadh, -aidh, *s.m. & pr part.*, see aisead.

aiseag, -eig, -an, *s.m.* Ferry. 2**Deliverance. 3**Return. 4**Vomit. fear an aiseig, *a ferryman;* fear an aiseig, *the ferryman;* fhuair e an t-aiseag a nas aidh, *he got over the ferry free;* tha 'n droch dhuine a' gabhail an aiseig air oidhche dhorcha gheamhraidh agus a bhàta briste, *the wicked man crosses the ferry on a dark winter night and his boat broken*—a saying only fully appreciated by such as have had experience of Hebridean ferries in winter time. Ag a—, *pr. part.* of *v.* aisig.

aiseal, -eil & aisle, *n.pl.* aislean, *s.f.* see aisil.

aiseal, -eil, *s.m.* Jollity, fun, merriment. 2 (AG) Ass,—*Suth'd.* see asal. Rì h-aiseal, *merry-making.*

———ach, -aiche, *a.* Jolly, funny, merry. 2 Of, or pertaining to fun.

aisean, aisne, *pl.* aisnean [& aisnichean] *s. f.* Rib. Aon d'a aisnibh, *one of his ribs;* an aisean a thug e o'n duine, *the rib he took from the man.*

aisearan, -ain, *s.m.* Weanling.

aiseid, *pr. part.* ag aisead, & aiseadadh, *v. n.* Be delivered. *v.a.* Bear. Tha i air a h-aisead, *she is delivered.*

aiseid, *s.f.* Salver, plate.

aiseil, *gen. sing.* of aiseal.

aiseirich, *pr.pt.* ais-eirigh, *v.n.* Rise again, as in the resurrection.

aiseirigh, *s.f.* Resurrection, second rising. *A.* nam marbh, *the resurrection of the dead;* là na h-aiseirigh, *the day of resurrection.*

aisg, -e, -ean, *s. f.* Request. 2 Spot, blemish. 3 Gift, love token or pledge. 4 (AG) Leanness in cattle. Tha 'bhó air an aisg, *the cow is but skin and bone;* gu dè tha sin ach an aisg? *what is there but the frame?*

aisgeir, -e, *s.f.* Rocky mountain. 2 Ridge of high mountains.

†aisgidh, *s. f.* Present, gift. Hence "a nasgaidh," *free, gratis.*

aisig, *pr. part.* aiseag, *v.a.* Restore, deliver, give back, 2 Ferry over. Aisigidh e, *he will restore;* aisig dhomh gairdeachas do shlàinte, *restore unto me the joy of thy salvation.*

aisig, *s. f.* see aiseag.

aisigear, *fut. pass.* of *v.* aisig.

aisigidh, *fut. aff. a.* of *v.* aisig.

aisigte, *pt. part.* of *v.* aisig. Restored, delivered. 2 Ferried over.

aisil, -sle, -slean, *s. f.* Axle-tree. 2 Axis. Tarrang aisle, *a lynch-pin;* aisil na carbaid, *the axle-tree of the chariot;* aislean nan rotà, *the axle-trees of the wheels.*

aisinn, *s. f.* see aisne. 2 see aisling.

aisinneach, -aiche, *a.* Costal.

ais-innis,** *v. a. & n.* Rehearse, narrate. 2 Say or tell over again, repeat.

ais-innleachd, *pl.* -dan, *s. f.* Wicked contrivance or invention. 2 Destructive artifice.

———ach, -aiche, *a.* Cunning, crafty, plotting, mischievous. An comhairlibh ais-innleachdach, *in crafty counsels.*

ais-iunseadh, -sidh, *s.m.* Telling, rehearsing, repeating. Ag a—, *pr. part.* of *v.* ais-innis.

ais-iunsear, *fut.pass.* of *v.* ais-innis.

ais-innsidh, *fut. aff. a.* ,, ,,

aisiol, *s. f.* see aisil.

†aision,** *s.m.* Relic. 2 Diadem.

aisir, -sre, -sream, *s. f.* Passage, pass, path, defile.

aisith, *s.f. ind.* Strife, contention, discord, wrangling, disturbance. Siol-chuiridh e aisith, *he will sow discord.*

aislear, -eir, *s.m.* Spring-tide.

ais-léine, *pl.* -léinte, *s. f.* Death-shroud.

aisleir, *gen. sing.* of aislear.

aisleith, see as leth.

aisling, -e, *pl.* -e & -ean, *s. f.* Dream, reverie, vision. Mhosgail e o aisling an laoch, *he awoke the hero from his dream;* chunnaic e aisling, *he saw a vision;* a. chonnain, *a lascivious dream;* a. fhaoin, *an empty dream.*

———each, *a.* Dreamy, visionary, of, or relating to a dream.

———, *s.m.* see aislingiche.

aislingean, *n. pl.* of aisling.

aislingiche, -ean, *s.m.* Dreamer, visionary. Tha'n t-aislingiche seo a' teachd, *this dreamer is coming.*

aisling-chonnain, *s. f.* Lascivious dream.

aislinn, see aisling.

———each, -aiche, *a.* see aislingeach.

aislinniche, see aislingiche.

aisne, *gen. sing.* of aisean.

aisneach, *a.* Ribbed. 2 Having large or strong ribs. 3 Of, or belonging to a rib.

aisneas, see aisneis.

aisneis, -e, -ean, *s. f.* ‡Rehearsing, tattle. 2 (JM) Very exaggerated account of any incident.

aisnichean, *n.pl.* of aisean.

ais-òrdugh, *s.m.* Countermand.

ais-òrduich, *v.a.* Countermand.

aisre, see aisridh.

aisreamnach,** *a.* Mutual.

aisridh, *s. f.* Abode. 2 Receptacle. 3 Hill. 4 Path. *A.* nam ban, *the abode of women, a*

seraglio; an ruadh *a.*, *the red path.*
ais-sith, see aisith.
aiste, see aisde.
aisteach, -ich, -ichean, *s. m.* Gay diverting fellow.
†aisteidh, *s. f.* Hatches of a ship.
ait, -e, *a.* Glad, joyful, cheerful. 2*Odd, funny.
òlach ait, *an odd fellow.*
àit, see àite.
àit'-adhlaic, *s. m.* Burying-place.
àit'-aire, *s. m.* Observatory.
†àit-cheas, *s. f.* Warrior's concubine.
ait-chiomach, -aich, -aichean, *s. m.* Petitioner.
————, -aiche, *a.* Causing laughter or merriment.
àite, *comp.* of ait.
àite, *n.pl.* [-ean &] -eachan, *dat. pl.* -tibh & -achaibh] *s. m.* Place, spot. 2 Part, region. *A.-suidhe, a seat;* c'àite? *where?*
—— -còmhnuidh, *s. m.* Dwelling-place. 2 Dwelling, abode. Thog sinn àite-còmhnuidh do'n mhnaoi, *we built a house for the dame.*
àiteach, -ich, *pl.* -eacha & -eachan, *s. m.* Agriculture. 2 Inhabitant. 3 Habitation, dwelling. Tha àitich Innse-torrain fo ghéilt, *the inhabitants of Innistore are in terror;* air neul am bheil an àiteach fuar, *on a cloud is their cold habitation.* Ag a—, *pr. part.* of *v.* àitich. Inhabiting. 2 Cultivating. 3** Placing. Ag àiteach an fhearainn, *cultivating the land.*
†aiteach,** *a.* Anxious, careful.
àiteachadh, -aidh, *s. m. & pr. part.* of *v.* àitich, see àiteach.
aiteachadh, see aideachadh.
àiteachail,* *a.* Agricultural.
àiteachan, -ain, *s. m. dim.* of àite. Little place.
àiteachas, -ais, *s. m.* Colony. 2 Inhabiting, dwelling. 3 Cultivation.
àiteachd, *s. f. ind.* Agriculture. 2 Accommodation.
àiteag, -eig, -an, *s. f.* Shy girl. 2 Coquette.
———ach, -aiche, *a.* Indifferent, scornful. 2 Coquettish, shy. Ainnir *à. a shy maid.*
aiteal, -eil, *s. m.* Juniper, see aitionn. 2 Colour, gloss. 3 Glimpse, transient view. 4 Breeze. 5 Very small portion or quantity of anything. 6**Music. 7**Light, gleam of light. Fhuair mi aiteal dheth, *I got a glimpse of him;* aiteal mine, *a sprinkling of meal; a.* an Earraich, *the fanning breeze of Spring; a.* an òir, *the tinge of gold;* gun aiteal o reul air sàil, *on the deep without starlight.*
———ach, -aiche, *a.* see aitionnach. 2 Bright, shining, luminous. 3 Breezy, in slight breezes. 4 In glimpses.
———achd,** *s. f.* Breeziness.
aiteam, -eim. *s.m. & f.* People, folks, persons. 2 Tribe. 3* Wicked people—*Hebrides.* 4 Generation. Is beannaichte an *a.*, *blessed are the people; a.* chathach, *a warlike people.*
aiteamh, *pr. part.* ag aiteamh, *v.n.* Thaw. Tha e ag aiteamh, *it is thawing.*
———, -eimh, *s.m.* Thaw, fresh weather. Tha an là ris an aiteamh, *it is thawing; a.* na gaoithe tuath air an t-sneachda—tuilleadh a chur 'n a cheann, *the north wind's way of thawing the snow is to add more to it* (often used in the sense of people trying to make a thing better and invariably making it worse.)
†———, -eimh, *s.m.* Convincing proof, demonstration. 2 Argument.
aiteann, *s.m.* Juniper, see aitionn. 2**Furze(?)
———ach, *s.m. & a.* see aitionnach.
àitear, -eir, -an, *s.m.* Husbandman.
———achd, *s. f.* see àiteachd.
aiteas, -eis, *s.m.* Joy, gladness, blythesomeness. 2 Laughter. 3 Fun. 4 Comfort. 5* Oddness. T'aiteas, *your oddness; a.* an sùil Ghorm-àlainn, *gladness in the eye of Gormaline;* a chuireas aiteas orm, *that will make me glad; a.* air na sléibhtibh uaine, *joy on the green mountains;* cuirm chum aiteis, *a feast for laughter.*
àiteas, -eis, *s.m.* Dwelling-place.
aiteasach,** -aiche, *a.* Glad, joyful.
àite-coimhimh, *s.m.* Focus.
aiteig, *gen. sing.* of aiteag.
aiteil, ,, ,, aiteal.
aitgheal, -ghile, *a.* Bright, joyous.
aith,* (*for* ath) Kiln. Aith aoil, *a lime-kiln.*
†aith,** *s.m.* Hill. 2 Skirmish.——*a.* Keen, sharp. 2 Anxious.
aith-, *iterative particle* and *prefix.* Eqivalent to Latin and English *re-.* Thus generally written when used before a small vowel, but *ath-* before a broad vowel.
aith-cheas, -chise, *s.f.* Whore, bawd.
aith-chreideamh,** *s.m.* Apostacy.
aith-chuimir, see ath-chuimir.
†aithe, *s.f.* Revenge. *a.*** Keen.
aitheach, -ich, *s.m.* False assertion, lie. 2 Sow, boar. 3 see athach.
———, *a.* Swinish. 2 see athach.
aitheadh,** -hidh, *s.m.* Elf-shot. 2 Stealing away or retiring privately.
aitheal, see aingeal.
aitheamh, -eimh, *pl.* -eamhan [*contr.* aithean**] Fathom. Fichead aitheamh, *twenty fathoms.*
————aich,* *v.a.* Fathom.
àithean, *n.pl.* of àine.
aithearnach, -aich, *s. f.* see aitheornach.
aitheas, -eis, see aithis.
†aitheasg,** -eisg, *s. f.* Admonition, advice.
aitheimh, *gen. sing.* of aitheamh.
aith-éisdeachd, *s. f.* Appeal.
aitheornach, -aich, *s. f.* Land ploughed for a second crop. 2 Land where barley has been the last crop.
aithghearr, -a & -ghiorra, *a.* Short, concise, brief. 2 Quick, instantaneous. 3*Short-tempered. Tha e aithghearr, *he is short-tempered;* sgaoil sinn cho aithghearr, *we dispersed so soon;* an aithghearr, *in a short time;* gu h-aithghearr, *soon.*
aithghearr, *s.m.* see aithghearradh.
aith-ghearr, *pr.pt.* -ghearradh, *v.a.* Cut again. 2 Subdivide. 3 Shorten, curtail, abridge.
aithghearradh, -aidh, *s.m.* Abbreviation, abridgement, abstract.
————achd, *s. f.* Briefness, shortness.
————ad,** -aid, *s.m.* Contraction.
————adh, -aidh, *s.m.* Abbreviation, contraction. 2 Short way. 3 Short time.
aith-ghearradh, *pr. pt.* of aith-ghearr. Shortening. 2 Cutting again.
————aichte, *pt. part.* Abridged, shortened, abbreviated.
aithghin, see ath-ghin.
————eamhuinn, *s.m.* see ath-gh—.
————te, see athghinte.
†aithid,** *s.m.* Viper, snake.
†————ean,** -ein, *s.m.* Any venomous reptile. 2 Little beast.
aithine, see aithinne.
aithinne, -ean, & -nntean *s.m.* Fire-brand. 2 Charcoal. Mar *a.* as an losgadh, *like a fire-brand from the burning.*
aithir, see nathair.
aithis, -e, -ean, *s. f.* Check. 2 Affront, abuse. 3 Fit means to do evil—*Islay.* 4 Scandal, reproach. 5 Blaming, upbraiding. 6 Rebuke. 7 Blemish, fault. 8 see athais. Na gabh té air bith mar mhnaoi, ach té air am bi aithis agad, *take no woman for a wife in whom you*

cannot find a flaw—N.G.P.
†aithis,** Reproach, rebuke, abuse, affront.
———each, -ich, -ichean, *s.m.* Abuser, reviler, abusive person. 2** see athaiseach.
———each, -eiche, *a.* Reproacuful, reviling, rebutting, scandalous. 2 see athaiseach.
———eachadh, -aidh, *s.m.* Defamation, abuse.
aitnisg, -e, -ean, *s. f.* Report, intelligence.
aitnisich, see aithisich.
aitnis,* *v.a.* Imitate, mimic.
———, -e, -ean, *s. f.* Disgrace, reproach. 2 Mimicry.
———each, -siche, *a.* Reproachful, disgraceful. 2 Imitative.
aithmheal, -eil, see aimheal.
———ach, *a.* see aimnealach.
†aithmheas,** *s.m.* Ebbing of the sea.
àithn, *pr.pt.* ag àithne & àithneadh, *v.a.* Command, charge, order, bid, direct, enjoin. Cha 'n aithn iad, *they shall not order;* dh'aithn an Tighearn, *the Lord commanded.*
àithn,* *s. f.* Circle. aithn an là, *broad day-light.*
aithnachear, see aithnichear.
àithne, *pl.* àithnte, aitheanta, & -tan, *s. f.* Command, commandment, order, injunction, mandate, direction, charge. 2 *rarely* store. 3**Aphorism. Thug mi àithne dhuit, *I ordered you;* m'àitheanta, *my commandments.*
aithne, *s. f.* Knowledge, discernment, acquaintance. Cha'n 'eil aithn' agam air, *I have no knowledge of him.*
———ach,* *a.* Discerning, 2 Considerate, attentive. Tha i glé *a.*, *she is very considerate.*
———ach,-ich, *pl.* -ichean,& -ichinn, *s.m.* Stranger. Guest, visitor. Leis nach dragh aithn chean, *by whom guests were not counted a trouble.*
———ach,* *s.m.* Wood-rush, wild leek.
———achadh, -aidh, *s.m.* Knowing, recognition, discerning. 2 What is discernible. 3 Slight degree. Cuir *a.* an taobh seo e, *put it a slight degree* ("kenning") *this way.* Ag a—, *pr. part.* of *v.* aithnich. Ag *a.* gliocais, *knowing wisdom*
———achail, *a.* Intelligent, discerning.
aithneachd, *s. f. ind.* Knowledge, discernment. 2 Recognition. 3*Humanity.
———ail, -e, *a.* Recognising, knowing. 2 Familiar. 3 Kind.
aithneadail,‡‡ -e, *a.* see aithneachdail.
aithneanas,** -ais, *s.m.* Knowledge, perception.
aithne-chuiseach, *a.* Casuistical.
———d, *s.f.* Casuistry.
aithne-chuisiche, *s.m.* Casuist.
aithneadail, see aithneachdail.
aithneadair, -e, -ean, *s.m.* One who knows, or is conversant with, learned man.
aithneadh, -eidh, *s.m.* Commanding, ordering, enjoining, charging. Ag à—, *pr. part.* of *v.* àithn.
†aithneamsa, (*for* †aithnicheamsa) I know.
aithneil, -e, *a.* Knowing. 2 (AG)Polite.
aithn'ghinn, (*for* [dh']aithnichinn) *v.* I would know.
aithnich, *pr.part.* ag aithneachadh, *v.a.* Know, recognise. 2 Feel. 3 Discern, perceive. 4** Have sexual intercourse. Cha d'aithnich mi orra e, *I did not feel its effect on me.*
aithnichean,** -ein, *s.m.* Stranger, visitor, acquaintance.
aithnichear, *fut.pass.* of *v.* aithnich.
aithnichidh, *fut. aff. act.* of *v.* aithnich.
aithnichte, *a. & pt. part.* of *v.* aithnich. Known, recognised. 2 Plain, manifest. 3(AG) Exceedingly. Dean aithnichte, *make known;* *a.* fuar, *very cold.*
aithninn (*for* aithnichinn) *1 per. sing. past subj* of aithnich. Dh'*a. I would know.*
aithnisg,* *s.f.* Nickname.
àithnte, see àithne.
aithre, *s.m.ind.* Repentance.
———,‡ -ean, *s.m.* [*pl. r.*] Ox. 2 Bull. 3 Cow.
———ach, -eiche, *a.* Penite t, sorry. 2 Giving cause for regret. †3** see aighearach. Is *a.* (a'ghearach) leinn do bhuaidh, *we are surprised at your prowess;* is *a.* (aghearach) a t-òglach thu, *you are a droll fellow;* cha n *a.* leam, *I have no cause to regret;* b'*a.* leis an Tighearn, *it repented the Lord.*
———,** -ich, *s.m.* Farmer. see àireach.
———a, see aithriche.
———achag,-aig, -an, *s.f.* Female penitent.
———ail, *a.* Penitent, repentant.
aithreachais, *gen. sing.* of aithreachas.
aithreachan, -ain, -an, *s.m.* Penitent.
aithreachas, -ais, *s.m.* Repentance, penitence, regret. Dean (*or* gabh) *a.*, *repent;* ni (*or* gabh aith) mi *a.*, *I will repent;* gun *a.* cha bhi maitheanas, *without repentance there shall not be forgiveness.*
aithrea hd,** *s. f. ind.* Ancestry. A chaoidh cumaibh an cuimhne ur n-*a.*, *ever keep your ancestry in mind.*
aithreas, aithri, } see aithreachas.
aithriche, aithrichean } *n. pl.* of athair. Fathers., ancestors.
aithrichibh, *dat.pl.* of athair.
†aithridh,* *s. f.* Repentance, sadness, tears, sorrow.
———each,** *a.* Repentant, sad, sorrowful.
aithrin, *s. f.* Sharp point. 2 Conflict. 3**Satirizing tongue.
†aithrine,** *s. f.* Calf.
aithris, -e, -ean, *s. f.* Recital, rehearsal, report, narration. 2 see atharrais. 3 Tradition, tale. Ag a—, *pr.part.* of *v.* aithris.
———, *pr. pt.* ag aithris & -eadh, *v.a.* Rehearse, declare, report, narrate, tell, repeat. 2 see atharrais. Agus dh'aithris e na nithe sin uile 'n an èisdeachd, *and he told all those things in their hearing;* sgeul ri aithris, *a tale to tell;* aithrisibh-se agus aithrisidh siune, *report you, and we will report.*
——— -bheulain, *s. f.* Mimicry, mockery, ludierous gesticulation.
———each, -ich, -ichean, *s.m.* Relater, narrator, reciter. 2 Talebearer. 3 Tautologist. 4 Imitator.
———each, -eiche, a. Widely celebrated. 2 Repeating. 3 Tautological. 4 Traditionary. 5 Imitative.
———eachd, ** *s.f.* Frequent repetition, tautology.
———eadh, -eidh, *s.m.* Tautology, act of repeating, repetition. Ag a—, *pr.pt.* of aithris.
———ear, -eir, *s. m.* } Same meanings as aith-
———iche, *s.m.* } riseach.
aithris-leabhar,** *s.m.* Common-place book, note-book, day-book.
àitich, *pr.pt.* ag aiteachadh, *v.a. & n.* Inhabit, dwell, settle. 2 Cultivate, till, improve. 3 **Place. 4 Anchor, as a ship. 5**Give place to. 6**Accommodate. Gach neach a dh'aitich colann riamh, *every one that ever dwelt in a body;* dh'àitich an long, *the ship anchored;* ag aiteachadh an fhearainn, *cultivating the land.*
aitich, see aidich.
àitichte, *pt.part.* of àitich. Inhabited, settled. 2 Placed. Tir *a.*, *an inhabited land.*
aitidh, -e, *a.* Moist, damp, wet. Tha t'aodach

aitidh, *your clothes are damp.*
———ea h-i, *s. f. ind.* Moistness, dampness, wetness.
aitinn, *s. f. ind.* see aiteann.
aitionn, -ean, -al, see aitionn.
aitionn, *g. n. sing.* of aitionn.
aitionn, -inn, *s.m.* Juniper (plant)—*juniperus communis.* Badge of Clan Gunn (AG); of the Murrays, Rosses, Macleods, & Athole Highlanders.§

S. Aitionn.

———ach, *a* Abounding in, or pertaining to juniper.
———,** *s. m.* Place where junipers grow. 2 Quantity of juniper bushes.
aitreabh, -eibh, -an, *s.m.* Abode, building, dwelling. 2 Stoading 3†† Houses. Generally understood in W. Isles to mean large buildings. Thog e *a.* mnór. *he built large buildings*; aitreabh thaighean, *a number of attached houses*, as an exhibition. Taigh agus *a.*, *mansion-house and premises*; theid an *a.* sios, *their building will decay.*
†aitreabh, *v.n.* Dwell.
———ach, -aiche, *a.* Habitable. 2 Of, or pertaining to an abode. 3 Domestic.
———ach, -aich, *n. pl.* -aichean, *s.m.* Inhabitant. 2 Tenant. 3 Lodger. 4 Farmer.
———ail, -aile, *a.* Full of policy. 2 Domestic.
aitreabhan, *n. pl.* of aitreabh.
aitreabh-nochdaidh, -eibh, *s.m.* Exhibition.
aitreabhta, *pt. part.* Inhabited.
aitreach, -eich, see aitreabhach.
aitreamh, see aitreabh.
———ach, see aitreabhach.
àl, àil, *s m.* Brood, young of any kind. 2 Generation. A' solar dhearc d'a cuid àil, *gathering berries for her young*; al stiallach, *speckled offspring*; an t-àl a ta ri teachd, *the generation to come*; tràth tuig an seabhag gun fhios air àl, *when the hunter comes unexpectedly on a covey*; a' mhuc agus a h-àl, *the sow and her litter.*
†àl, *s.m.* (& *f.*) Rock. 2 Stone. 3 Fear. 4(AC) Anything hard, solid, rigid, or immoveable. see †ail 1, s.
àl,** àil, *s.m.* Nurture. 2 Food.
†—,** *v.a.* Nurse. 2 Praise.
a là, *adv.* By day.
†a'a ** -ai, *s.m.* Trout. 2 Wound.
alach, -aich, -ean, *s.m.* Levy, set, tribe, crew. 2 Set, or bank of oars. 3 Set of nails. 4 Activity. 5 Alacrity. 6**Request. 7 see àl. àlach ràmh. *a bank of oars.*
———, *a.* Of, or belonging to a brood. 2 Prolific.
alachag, alachain, } see ealachainn
alachagach, see ealachagach.
†àlacht,‖ *s.* Pregnancy.
alachuin, see ealachainn.
†alad,‖ *s.* Wound.
àladh, -aidh, *s.m.* Nursing. †2 Wisdom, skill, craft. †a**Malice. †i**Lie.
———, -aithe, *a.* Speckled, variegated.
alag, -aige, *s. f.* *Hard task. 2 see ailleag.
àlaich, *v.a.* Bear, produce, bring forth. 2 Multiply. 3 Nourish, nurse. 4 Commence, fall to. 5 Attack. 6 Adopt. Dh'àlaich iad air, *they attacked him*; is luath a dh'alaich iad, *how soon they have multiplied.*
àlainn, -e & ailne [AC -aluinde, ailmleach, aildiche, & a.linde] *a.* Beautiful, exceedingly fair. 2 Handsome, elegant. 3 Glorious, 4**White. 5**Bright, clear. 6**Amiable.
———ealachd, *s. f.* Beauty. 2 Whiteness. 3 Brightness, clearness. 4**Amiableness.
alaire, *s.f.* ‡Brood mare. 2 see falair.
a làthair, *adv.* Present, at hand. 2 In existence, alive. Tha e 'làthair, *he is present, he is alive*; thoir a làthair a chéil' iad, *bring them face to face*; ma bhitheas mi a làthair, *if I live.*
†alb,** ailb, *s.m.* Eminence, height.—*a.* White.
ald, uild, see allt.
aldan, -ain, see alltan.
———ach, see alltanach.
a leas, *adv.* Need. Cha ruigear leas, *there is no need*; cha ruig thu leas, *you need not.*
a leth taobh, *dv.* Apart, aside.
†alhad,** -ad, *s.m.* Cause, reason.
†alga,** *a.* Noble, great.
†———chd,** *s. f.* Nobleness, greatness, nobility.
all-, *prefix*, Over.
†all,** aill, *s.m.* Horse. 2 Rock, cliff. 3 Great hall. 4 Generation. 5 Race.
†all,** *a* White. 2 Foreign. 3 Great, prodigious.
alla, see alladh.
——, *a.* Wild, fierce. see allaidh.
allaban, -ain, *s.m.* Wandering. 2 Deviation. 3 Aberration. 4 Fatigue.
———ach, -aiche, *a.* Wandering.
†allabanair, *s.m.* Echo.
†allabhar, *a.* Strange, wild, savage.
allabharrach, -aiche, *a.* Wild, savage, untameable.
———————, -aich, *s.m.* Savage, barbarian.
———————d, *s.f.* Barbarity, cruelty.
allabhuadhach, -aiche, *a.* see allbhuadhach.
alla-cheò, *s.m.ind* Troubled mist.
aliadh, -aidh, *s.m.* Excellence, fame, greatness. 2 Renown, applause. 3 Report. 4 Defamation, libel. Droch *a.*, *a bad report*; deagh *a.*, *a good report*; *a.* Dhaibhidh, *the fame of David*; thug e a bhriathran gu'n robh i a' togail allaidh air, *he declared that she was laughing at him.*
allagaidhoir, *s.f.* Gibberish, jargon, vain-glory, gasconading.
alla-ghlòracn, *a.* Inclined to utter jargon. 2 Vain-glorious, boastful
allaidh, -e *pl* allda. & allaidh *a.* Savage, wild, ferocious, terriole. 2 Proud, haughty. 3 **Boisterous. 4**Beauteous. Beathaichean allaidh, *wild beasts.*
allaidh, (AF) see madadh-allaidh.
alisail, *a.* Noble, illustrious, excellent. celebrated. 2 Glorious. 3 Defamatory, detracting. Daoine *a.*, *illustrious men.*
———cachd, *s.f.* Nobleness, excellency, illallamuireach, see allmharach.
lustriousness. 2 Gloriousness. 3 Renown.
alla-madadh, -aidh, see madadh-allaidh.
Chual' an t-a. an fhuaim, *the wolf heard the sound.*
allamharach, -aich, see allmharach.
———————d, see allmharachd.
alla Mhoire,(AC) for allas Mhoire.
allanta, *a.* Ferocious. see allaidh.
†allas,†† *s.m.* see fallus.
allas Chaluim Chille, (AC) (lit. St. Columba's glory) St. John's wort, see eala bhuidhe.
allas Mhoire,§ *s.m.* St. John's wort, see eala bhuidhe.
allbhuadhach, -aiche, *a.* Triumphant, conquering, victorious.
†——— ——,** -aich, *s.m.* Prince's hall.
†allcuir, *s.m.* Transposition.
allda, see allaidh.

†all-ghort, see ubhal-ghort.
allmhadadh, see madadh-allaidh.
allmhaidh, see allaidh. Armailt *a.*, *a terrible army.*
allmhara, see allmharach.
allmharach, -aiche, *a.* (all-, *beyond* + muir, *sea.*) Foreign, strange, transmarine, exotic. 2 see allabharrach.
————, -aich, *s.m.* Stranger, foreigner, alien, 2 One from beyond the seas. 3 Foreign foe. 4 see a labharrach. Iarmad nan allmharach, *the remnant of the strangers*; luingeas nan allmharach. *the fleet of the sea-borne foe.*
————achd, *s.f.* State of being foreign. 2 see allabharrachd.
allmharrach, see allmharach.
†allod,** *adv.* Formerly, of old.
alloil, see allail.
————eachd, see allaileachd.
allonta, Same meanings as allail.
————chd, ,, ,, allaileachd.
†allraon,** -raoin, *s.m.* Foreign exp dition.
allsachail, *a.* Prone to respite, worthy of respite.
allsachd, *s.f.* Respite, reprieve, suspension.
allsadh, see abhsadh.
allsaich, *v.a.* Suspend, respite, reprieve. 2 Jerk. 2 Lean to one side.
allsga, *s.* Shudder.
allsgach, *a.* Terrible.
allsmuain, *s.f.* Great buoy, float.
allsporag, see abhsporag.
allt, uillt, *s.m.* Mountain stream, rill, brook. 2 *River with precipitous banks. Bruach an uillt, *the bank of the brook;* thréig torman nan allt, *the murmur of the brooks has subsided;* ag aomadh thar an uillt, *bending over the stream.*
allta. *a.* Fierce, savage, wild. 2 Strange, foreign. Beathaich *a.* na machrach, *the wild beasts of the field;* mar leòghann *a.*, *like a fierce lion.*
——chd, *s.f.ind.* Savageness.
alltadh,** see allta.
alltan, *n. pl.* of allt.
———, -an, -an, (*dim.* of allt) *s.m.* Little brook, streamlet. Drochaid air gach alltan, *a bridge over every streamlet.*
———ach,** *a.* Abounding in rivulets. 3 Of, or belonging to a rivulet.
all-tapadh,†† -aidh, *s.m.* Mishap.
alltas,** -ais, *s.m.* Wildness, savageness.
alluidh, see allaidh. B'*a.* do shùil, *fierce was thine eye;* dh'aom e air a sgéith umha *a.*, *he bowed over his beauteous brazen shield.*
alluigh, see allaidh.
†alluin,** *a.* Fair, handsome.
allum, (AF) *s.m.* Hind.
alm, ailm, *s.m.* Alum.
†almachadh,** *a.* Charitable.
almadh, -aidh, *s.m.* Tincture of alum.
almon,‡ -oin, *s.m.* Almond—*amygdalis communis*
àloe,§ *s.m.* Aloe (plant)—*aloe.*
a los, *adv. & prep.* About, intending, in order to. A los dol dhachaidh, *about going home*; a los falbh, *with the intention of going.*
àlos, -ois, *s.m.* Aloe, see àloe.
alp, ailp, & -a, *s.f.* Height, eminence. †2 Mountain. also †alb
—, *v.a.* Ingraft, join closely together. 2*Indent. 3*Dovetail, *in joinery.*
alpadh, -aidh, *s.m.* Ingrafting, joining closely together. 2 Dovetailing. Ag a—, *pr.pt.* of *v* alp.
alt, uilt, altan, *s.m.* Joint, joining. 2 Condition, state, order, method. 2**Articulation. As an alt, *out of joint;* ni sinn alt eile air, *we will try another method for it;* air na h-uile alt, *at all events;* ea lar 'n-aimh na lùirich, *between the joints of the harness.*

9. Almon.

10. Aloe.

†alt,** uilt, *s.m.* Nursing, rearing, feeding.
†alt, uilt. *s.m.* Section of a book. 2 Time.
†—,** uilt. *s.m.* Leap. 2 Valley. 3 High place, eminence, hill. 4 Exaltation.
altach, *a.* Articular, jointed.
———,** -aich, -aichean, *s.m.* see altachadh 2.
altachadh, -aidh, -ean, *s.m.* Articulation of the joints. 2 Grace before or after meat. 3 **Salute, act of aluting. 4**Bracing, as of the joints. 5**Moving, budging. *A. beatha, welcoming, saluting;* 's ann do'n laimh ghlain bu chòir *a.*, *it is the clean hand that should salute (one rogue should not accuse another.)* Ag a—, *pr. pt.* of *v.* altaich. Saluting, thanking. 2 Bracing, as of the joints. 3 Moving, budging.
———— -beatha, *s.m.* Salutation, greeting, welcome.
———— -cadail, (AC) *s.m.* Sleeping prayer —prayer before retiring at night.
altaich, *pr. pt.* ag altachadh, *v.a.* Salute. 2

Thank. 3 Relax the joints. 4 Brace. 5 Move, budge. 6 Join, knot. 7**Ask after one's welfare. 8(AC) Nurture, nourish, bring up. Dh' altaich iad beath' a chéile, *they asked for each other's welfare.*

altaich, *gen. sing.* of altach.
———e, see altachadh.
———ean, *n.pl.* of altach.
———ear, *fut.pass.* of altaich.
———idh, *fut.aff.act.* ,, ,,
———te, *pt.part.* of altaich. Knotted.

altail,** *a.* Arthritic, articular.

altair, -air & altarach, *n.pl.* -raichean, &-raiche, *s.f.* Altar. Fa chomhair na h-altarach, *opposite the altar* ; adhaircean na h-altarach, *the horns of the altar.*

altan, *n pl.* of alt.
——, -ain, *dim.* of alt.

altanach,† *s.m* Knot grass, see glàineach bheag.

alt-cheangal, -ail, *s.m.* Articulation, inosculation, juncture of the bones.

alt-eucail, *s.f.* } **Arthrisis.
alt-ghalar, *s.m.* }

alt-iabhairt, *s.m.* Articulation.

alt-iùthaid , *s.m.* Pith-joint. Sud mar a thaghadh Fionn a chù, —an t-*a.l.* fad' o'n cheann, *thus would Fingal choose his hound—the pith-joint far from head.*—N.G.P.

alt-nhorachd, *s.f.ind.* Articulation.

altrach, (*for* altarach) *gen. sing.* of altair.
——, -aich, -aichean, *s.m.* Fosterer, one who fosters. 2 Nurse. Ban-altrach, *a female nurse.*

altradh,** -aidh, *s.m.* Fosterage.

altraiche,** -ean, *s.m.* see altrach.

altram, see altruim.

altrauas,** see altruim.

altrap, -aip, *s.m.* Accident, mishap.

altruim, *pr.part.* ag altrumadh. *v.a.* Nurse, nourish, maintain, educate, foster, cherish.

altrum, -uim, *s.m.* Fostering, nourishing,nursing, rearing.
———ach,** *a.* Fostering, rearing, educating.

altrumachadh, -aidh, *s.m.* Same meanings as altrum. Ag a—, *pr.part.* of altrumadh.

altrumadh, -aidh, *s.m.* Same meanings as altrum.

altrumaich, *pr. part.* ag altrumachadh, *v.a.* Same meanings as altruim.

altrumaidh, *fut. aff. act.* of altruim.

altrumain, *gen. sing. & n. pl.* of altruman.

altruman, -ain, Nursling. 2**Chuef. Seachd altrumain aig loch Làin, *seven chiefs at the lake of Lanno.*

altrumas, -ais, *s.m.* Nursing. Leanabh air a chur air a—, *a child sent a-nursing.*

alt-shligeach, -eiche, *a.* Crustaceous, like shells.
———d *s.f.ind.* Crustaceousness.

alt-thinneas,** *s.m.* Arthrisis.

altuchadh, see altacnadh.

altuich, see altaich.

†alughain,** *s.f.* Potter's clay.

àluinn, -e, & àilne, *a.* see àlainn.
———de, see àlainn.
———eachd, *s.f. ind.* see àlainneachd.

am, *poss.pron.* Their. Am fearg, *their wrath;* am màthair, *their mother;* am bainne, *their milk ;* am paisd, *their child.* [Used before words words beginning with B, F, M, or P, which are not aspirated. The other letters are preceded by an.]

am, *def. art.* (*Nom. sing. masc.*) The. [Used before words beginning with B,F.M, or P.] Am baile, *the town;* am fear, *the man;* am moirear, *the lord* or *laird* ; am paisd, *the child.*

am, *interr. particle.* [Used instead of *an* before B,F,M,or P.] Am buail thu ? *will you strike ?*

am, (*for* mo) *poss.pron.* My. Ann am thaigh, (often written "àm thaigh") *in my house.*

am-, *privative prefix.* Labialised form of *an-.*

am, (*equivalent to* anns am) Lagain' am bi na neòinein, *dells where daisies are.*

am, *prep.* In. [Used for *an* before a word beginning with B, F, M, or P.] Am baile, *in a town;* am buthaibh, *in tents* ; am meadhon, *in the middle;* am mearachd, *in error.* [see ann an.]

àm, ama, amannan, *s.m.* Time in general, past or present. 2 Season. 3 Convenience. 'S e seo an t-àm, *this is the time;* am fear a ni 'obair 'n a h-àm bithi in e 'na leth thàmh, *he that executes his task in due time shall be half at rest;* gabh àm air sin, *watch an opportunity to do that;* àm 'sam bith, *any time;* tha 'n t-àm ann, *it is full time;* àm iomchuidh, *fit time;* a' àm na h-oidhche, *in the night-time ;* an àm is an an-àm. *in season and out of season* ; àm na cuireachd, ceithir-là-deug roimh Bhealltuinn is ceithir-là-deug 'n a déidh *sowing- ime, a fortnight before May-day and a fortnight after;* na h-àmanna seo, *these times ;* àm o aois, *olden times;* 's an àm *at the time, in the meantime;* àm a' gheamhraidh, *the winter season;* àm an t-samhraidn, *the summer season.*

†am, *a.* Soft, moist, damp.

†ama,** -ai. *s.m.* Hame of horse's collar.

amach,** -aich, -aichean, *s.f.* Vulture. 3 Any ravenous bird.

a mach, *adv.* Out. 2 Out of. Thig a mach, *come out;* a mach air a chéile, *at variance.* [*A mach* includes the idea of motion to or from, but *a muigh* signifies resting outside. 'Mach 's a steach, *out and in,* implies motion to and from a place.]

amad, -aid, see amadan.

ama lain, *gen. sing. & n. pl.* of amadan.

ama lan, -ain, *n. pl.* -ain, & -ana, *s.m.* Fool. Cha tuig an t-amadan seo, *the fool shall not understand this;* ni e ama lain, *he will make fools.*

amadanach, -aiche, *a.* Foolish, like a fool. Aodann *a.*, *a foolish expression of countenance.*
———d, *s.f. ind.* Foolishness, conduct of a fool.

amadan-Dé, AC) *s.m.* Butterfly, see dearbadan-dé. 2 Also applied to foolish children.

amadan-léigh, see dearbadan-lé.

11 Amadan-mòintich

amadan-mòintich, *s.m.* Dotterel (bird)—*charadrius morinellus.*¶

amadanta,** *a.* Foolish.

amai l ** *a.* Foolish, silly.
——, *s.f.* Folly, silliness. 2 Foolish woman.
———each, -eiche, *a.* Foolish. Aodann *a.*, *a foolish expression of countenance.* Gu h-amaideach, *foolishly.*
———eachd, *s.f.ind.* Foolishness, folly, silliness.

amaideag, -eig, -an, *s.f.* Foolish woman.
àmail, -e, *a.* Seasonable, timely, in time. 2 Temporal.
amail, -e, -ean, *s.f.* Evil, mischief. 2 Hinderance. A' cur *a.* orm, *hindering me.*
†amail, *adv.* see amhuil.
amail, *pr.pt.* ag amal & amaladh, *v a.* Hinder, prevent, stop, interrupt. 2 Entangle, clog. Dh'amail thu an lion, *you have entangled the net.*
——each, -eiche, *a.* Impedimental, obstructive, cloggy.
——idh, *fut. aff. a.* of amail.
amailist, see aimlisg.
amaill, *gen. sing.* of amall. 2 *v.a.& s.* see amail.
amain-fheithe, (AF) *s.* Amphibious animal.
amair, *gen. sing.* of amar.
amais, *pr.pt.* amas & amasadh, *v.n.* Hit, mark, aim, chance. 2 Find. Amais seo, *hit this*; an d'*a.* thu air? *did you find it?* is sona an duine a dh'amaiseas air gliocas, *happy is the man that finds wisdom.* [Should be used in reference to things and he lower animals only though sometimes met with otherwise. Use *coinnich* in reference to persons.]
——ceach,** -eiche, *a.* Wanton, lewd, lustful. Gu h-*a*, *wantonly.*
——ceachd,** *s.f.* Wantonness. lewdness.
——each, -eiche, *a.* Hitting well, taking a sure aim.
——idh, *fut.aff. act.* of amais.
amal, -ail, *s.m.* see amail. Ag a—, *pr. part.* of amail. 2 see amall.
amalach, *a.* see amaileach. 2**Curled.
àmalachd,* *s.f.* Seasonableness, timeousness.
amaladh,-aidh, -aidhean, *s.m.* Stop, impediment, hinderance, interruption, 2 Dovetail. 3 Balk. 4 Entangling, entwining. Ag a—, *pr.pt.* of amail. Hindering, impeding, stopping. Tha thu 'g am *a.*, *you are hindering me.*
àm-aireamh, -eimh, *s.m.* Chronology.
amall, -aill, *s.m.* Swingle-tree 2 Muzzle-bar. 3**Curb. 4**Yoke

12. Amall.

PARTS OF A SWINGLE-TREE :—
1 Muiseal, *bridle of plough.*
2 An t-amall, *swingle-tree.*
3 An greallag ceannarach, *land or nigh side small swingle-tree.*
4 An greallag meadhonach, *middle swingle-tree.*
5 An greallag clais, an greallag sgriob, *furrow small swingle-tree.*
6 Beairt-tharruing, *trace-chains.*
7 Liùdain, *levers.*
8 An liùdan ceangail, *connecting lever.*
9 Na tinneachan dùbailte, *double short links.*

Only two horses are generally used in the plough in the Highlands, but as three are sometimes employed for subsoiling, &c., it has been thought advisable to give an illustration of a swingle-tree for 3 horses, so that that the name of any part may be found if required. When swingle-tree for 2 horses is used, "the middle swingle-tree" (No. 4) is wanting, and the compensating lever apparatus Nos. 7, 8, and 9) is dispensed with. In such cases the other parts retain the names given above.

†aman,** -ain, see abhainn.
àmanna } *n. pl.* of àm.
àmannan, }
àmanta, *a.* see àmail.
——chd, *s.f. ind.* Seasonableness.
amar, -air, *n.pl.* -an & amaraich an, *s.m.* Trough. 2 Channel. 3**Ditch. 4 Mill-dam. 5 Hod. 6**Ma ger. Amar na h-aibhne, *the bed of the river*, *a.* caol, *a narrow channel*; dh'fhalmhaich i a soitheach 's an amar, *she emptied her vessel in the trough.*
†amar,** -air, *s.m.* Chain, cable.
amarach, -aiche, *a.* Channelled.
amaraich.** *s.f.* Scurvy-grass.
amaran,** -ain, *s.m.* Distress. 2 Bungler.
amar-aoil, -ain-, -an-, *s.m.* Hod.
—— -baistidh, *s.m.* Baptismal font.
—— -bruthaidh, *s.m.* Wine-press, pressing vat.
amarcach,** *a.* Fond of.
amar-fuail, *s.m.* Chamber-pot, urinal.
amar-fuinidh, *s.m.* Baking-trough.
amar-mùin, -air-m-, air-mh-, *s.m.* Chamber-pot. 'S tric a bha na loingeis mhòr a' crìonadh is na h-amair-mhuin a' seòladh, *often have large ships been rotting while the little pots are floating.*—N.G.P.
amarlaich, *a.* Blustering, careless.
amarlaid,* *s.f.* Blustering female, careless woman.
——each,* -aiche, *a.* see amarlaich.



13. Amar-uisge.

amar-uisge, -air-, -an-, *s.m.* Aqueduct.
amas, -ais, *s.m.* Hitting, aiming, marking. 2 Finding. 3 Chance. Chaill thu t'amas, *you have lost your power of hitting.* Ag a—, *pr.pt.* of amais. Is tearc iadsan a tha ag amas oirre, *few there be that find it.*
amasadh, -aidh, *s.m.* Same meanings as amas. Ag a—, *pr.pt.* of amais.
amasgaidh, See amasguidh.
amasguidh, -e, *a.* Profane. 2 Helter-skelter. 3 Mischievous. 4 Impure, obscene. Each *a.*, *a horse inclined to shy.*
——eachd, *s.f.* Profaneness. 2 Impurity.
am bheil? *v.* Is? are? Used also subjunctively—*is, are.* see bi.
am bitheantas, *adv.* Habitually.
am bun, *prep.* Waiting on, near to.
a measg, see am measg.
ametist, *s.f.* Amethist.
am fad, *adv.* Afar.
am fagus, *adv.* Near, at hand.
am feadh, *adv.* While.
am feasd. *adv.* For ever. Cha tig e am feasd, *he shall never come*; an do sguir a ghràs am feasd? *has his grace ceased for ever?*
am fochair, *adv.* Alongside.
am follais, *adv.* Above-board, publicly, openly.
amh, aimhe, *a.* Raw, crude. 2 Unsodden. un-

boiled,unroasted 3 Unskilful. 4 Bad,naughty. 5 Dull, lifeless. 6 Unripe. 7 Bitter, sour. 7 Chilly. Feòil amh, *raw flesh ;* na ithibh dheth amh, *eat not of it raw.*

amh,** *s.m.* Fool, simpleton. 2 Dwarf. †3 Water, †4 Ocean. see †abh. †5 Denial.

——, aimh, see tamh.

àmh, àimh, see àbh.

†amh,** see amhuil.

†amhach,** -aich, *s.m.* Vulture. 2 (AF) see abhag.

amhach, -aich, -aichean, *s. f.* Neck. G' ar n-amhach, *up to our necks ;* bri.idh tu 'amhach, *thou shalt break its neck;* tha rud eiginn 'n am amhaich, *something has stuck in my throat.*

———,** *a.* Like a dwarf. 2 Like a fool.

———d. *s. f. ind.* Rawness. 2 Gloominess, sulkiness. 3 Insipidity. 4 Conduct of a fool or simpleton.

amhad,** -aid, *s.m.* Rawness, crudeness. Air *a., I owever raw.*

amhadh. -aidh, *s.m.* Turn. Thug e *a.* air a cheann a dh'amharc air, *he turned his head to look at it.*

amhaidh, -e, *a.* Sour, sulky, surly. 2 Gloomy, as weather.

———eachd, see amhachd.

amhail. *adv.* see amhuil.

———,** *s.* Evil, miscnief.

†amhailt,** *s. f.* Death.

amhailteach, see amhuilteach.

arm-ghille, *s.m.* Armour-bearer.
àrmhach, -aiche, *a.* Destructive.
†———, *s.f.* Slaughter.
àr-mhagh, -aighe, *s.m.* Field of slaughter or battle.
†armhaigh, *s.m.* Buzzard.
†àr-mhiannach ** *a.* Sanguinary. 2 Warlike.
†armhind, *s.f.* Respect, reverence.
arm-lann, -na, -ann. *s.m.* Armoury, magazine, military depôt, citadel.
arm-leònach, -aiche, *a.* see arm-chreuchdach.
arm-oilean, -ein, *s.m.* Military discipline, drilling.
†armoraich, *s.m.pl.* Maritime people. (*lit.* Armoricans—natives of Brittany.)
arm-righ, *s.m.* King-at-arms.
armta, *a.* Armed, oiled as wool.
arm-thaigh, *s.m.* see arm-thaisg.
arm-thaisg, *s.f.* Armoury, military magazine.
arm-thasgaidh, see arm-thaisg.
†arm-thor, *s.m.* Armoury.
†arm-thur, see arm-thor.
†armuinn, *v.a.* Bless, rev re.
———, *gen. sing.* of àrmunn.
†armuint, see armuinn.
armuinte, *pt. part.* of armuinn.
àrmunn, -uinn, *s.m.* Hero, warrior. 2 Chief, brave man, chieftain, chief of a clan. 3 Officer. Air slios an àrmuinn, *on the warrior's side* ; sùil mheallach an àrmuinn, *the winning eye of the hero.*
†arn, airn, *s.m.* Judge.
†àrn, *s.f.* see àra.
†arna, *prep.* (*for* air na) After his or its.
arnach, see èarnach.
†arnaidh, *s.f.* Bond, surety. 2 Band.
àrna Moire (AC)—*for* àra, *lit.* kidneys of Mary. A square thick Atlantic nut sometimes found indented in the form of a cross.
†arnuidh, *a.* Fierce, impetuous.
àroch, *a.* Straight, upright.
——, -oich, *s.f.* Little hamlet, village. 2 Summer grazing. 3 Residence, dwelling. 4 see ar-thaich.
àrois, *gen. sing.* of àros.
†aroll.** -oill, *s.m* Great slaughter. 2 Great many, great deal.
àros, -ois, -an, *s.m.* House, abode, palace, habitation. 2** Settlement, apartment. An loisgear à nam Fiann ? *shall the habitation of the Fingalians be burnt ?* àros nan long, *the abode of ships.*
——ach, -aiche, *a* Habitable. 2 Abounding in houses or dwellings, of or belonging to a house. 3**Having many apartments.
——ach, -aich. -aichean, *s.m.* Inhabitant. 2 Lodger. 3 Resident householder.
arpag, -aig, -an, *s f.* Harpy, any ravenous creature. 2 Great black-beaked gull, see farspach. 3 AF) Snake, adder. 4* Triangular cake.—*Islay.*
———ach, -aiche, *a.* Ravenous, grasping.
arphuntachadh, see arfuntachadh.
arphuntaich, see arfuntaich.
†arr, *s.m.* Stag, hind.
†arra, -ai, *s.m.* Treachery. 2 Pledge.
arraban, -ain, *s.m.* Distress, perplexity, anxiety.
———ach,†† *a.* Sorrowful.
arrabhaig, -e, -ean, *s f.* Strife, quarrel, discord.
arra-bhalach, -aich, *s.m.* Traitor, treacherous fellow. 2*Eavesdropper. *A.* garg, *a fierce traitor.*
arrach, -aich, *s.m.* Runt. 2**Minim. 3 see arrachd.
arrachar, -air, *s.m.* Rowing. 2 Steering.
arrachd. -an, *s m.* Spectre, apparition. 2 Pigmy, dwarf, mannikin. 3**Centaur. Uaill 'san *a.*, *pride in the dwarf.*
———a, see arrachdach.
———ach, -aiche, *a.* Spectral, unworldly. 2 Dwarfish, diminutive. 3 see arraiceach.
———ail, -aile, *a.* see arrachdach.
———an, -ain, *dim.* of arrachd. 2 Fairy.
———as,** -ais, *s.m.* †Dignity. 2 Dwarfishness. 3‡‡ Strength, manliness.
arra-cholas, -ais, *s.m.* Power.
arra-chogaidh, *s.m. s.m.* The hound that first winds or comes up with the deer.
†arradh, -aidh, *s.m.* Armament. 2 Merchandise. 3 Ornament.
arraghaideach, -aiche, *a.* Negligent, careless. 2 Idle.
arra-ghlòir, -e. *s.f* Prattle, garrulity, idle talk.
———————each, -eiche, *a.* Garrulous, given to prattle, nonsensical.
arraiceach, -iche, *a.* Large, ample, able-bodied. 2 Manly 3 Magnanimous. 4 Courageous. 5† Effectual. Each *a.* treasdach, *a large thorough-going horse.*
arraiceas, -eis, *s.m.* 3 Power, strength, manliness.
arraiceil, -eile, *a.* see arraiceach.
arraichdeach, see arraiceach.
arraichdean, *s.m.pl.* Jewels, precious things.
arraichdeil, -eile, *a.* see arraiceach.
arraid, *s.f.* Wandering, error. 2 Vice. 3 Man sunk in vice. 4*Toiling in vain.
———.** *v.a.* Corrupt, deprave, make vicious.
àrraid, *a.* see àraidh.
arra deach, -eiche, *a.* Erratic, irregular, wandering. 2*Willing to no purpose.
àrraidh, *a.* see àraidh.
†———, *s.m pl.* Evil actions, misconduct.
arraidh,** *a.* Generous, liberal. 2 Hospitable.
arraing, -ean, *s.m.* Stitch, convulsions.
†arrais.** *v.n.* Arrive at, reach.
arrais.(AC) *a.* Evil, wicked. *s.* Demon.
———,** *s.f.* Joy, pleasure. 2 Streaming, running.

arral, -ail, *s.m.* Foolish pride, fastidiousness. 2 ††Insolence.
——ach, -aiche, *a.* Disdainful, squeamish, insolently nice, fastidious.
†**arroch,** *v.a.* Govern, command.
arronach, -aiche, *a.* Becoming, fit, suitable. 2 Decent.
——d, *s.f.* Fitness, suitableness. 2 Decentness.
†**arronaich,** *v.n.* Fit, suit.
——e, *comp.* of arronach.
arronta. *a.* Bold, brave, daring. 2 Confident. 3 High-spirited. 4 Suitable. 6 Competent. 7††Intrepid. 8††Stout. Fìor-dheas *a., truly active and bold.*
——chd, *s.f.* Boldness, bravery. 2 Confidence.
†**arruig,** see àraichd.
†**arruiseach,** *a* Obvious.
àrrusg, -uisg, *s.m.* Awkwardness. 2 Indecency.
ars', see arsa.
arsa, *v.defect.* Said, quoth. [The *s* of the Gaelic really belongs to the pronoun, "sé" or "si"—ar sé, *said he* ; ar sì, *said she.*‡] This verb is never used with propriety, except in expressions corresponding to *said I, said he,* &c. In the order of syntax, the nom. case never precedes this verb, not even by poetical license ; this forms the distinction between it and the corresponding *thubhairt.* It is right to say "duine a thubhairt sin," wrong to say "duine ars' sin," *a man who said that.* Ars' an ceannaiche, *saith the buyer:* ars' òighean nan sodann gràdhach, *said the maids of the lovely visages.*
àrsachd, *better* àrsaidheachd.
àrsadair,* see àrsair.
àrsadh, -aidh, *s.m.* Antiquity, age.
àrsaich,** *v.a.* Antiquate.
àrsaidh, *a.* Old, superannuated, old-fashioned, ancient, antique.
——,**-ean, *s.m.* One who relates traditions.
àrsaidheachd, *s.f.* Antiquity. 2 Antiquarianism.
àrsaidhear, -eir, -an, *s.m.* see àrsair.
——achd, see àrsaireachd.
àrsair, *s.m.* Antiquary.
——eachd. *s.f.* Antiquarianism.
àr-samhraidh,** *s.m.* Fallow ground.
arsannach,‡‡ -aich, *s.m.* Guest.
àrsantach, *a* Old, antique, ancient. 2 Old-fashioned. 3 Fond of the study of antiquities.
arseap,* see artreud.
arsfhear, see àrsair.
arsnaig, -e, *s.f.* Arsenic.
arsneal, see airtneal.
——ach, -aiche, see airtnealach.
arson, see air son.
arspag,¶ *s.f.* Great black-beaked gull. see farspach.
†**àrsuidh,** †**àrsuigh,** } see àrsaidh.
†**Art, airt,** *s.m.* God.
†**art, airt,** *s.m.* Bear. 2 Flesh. 3 Limb, joint.
†——, *a.* see †artach.
art, airt, *s.m.* Stone. 2 House. 3 Tent. Tarruing art, *a loadstone* ; gach réile-art, *every shining pebble.*
†**artach, -aich** *s.m.* Quarry. 2 Stony grounnd.
——, -aiche, *a.* †Noble, great, worthy, illustrious, exalted. 2 Stony.
artan,** -ain, *s.m.* Little stone, pebble.
artarach,** -aich, *s.m.* Ship's boat.
†**art-chaileir,** *s.f.* Quarry.
†**arthrach, -aich,** *s.m.* Boat, wherry. 2 Ship.
†**arthraich,** *v.a.* Navigate. 2 Enlarge.
artlaich, **artluich,** } see fairtlich.
†**artragham,** *v.a.* I do make.
artreud, *s.m.* Transposed form of Eng *retreat.*
art-theine, *s.m.* (*lit.* fire stone) Flint.
àruinn, -e, -ean, *s.f.* see àra. 2 Forest, *properly* a deer-forest 3††Bounds.
àrus, see àros.
†**àrusg, -uisg,** *s.m.* Neck.
àrusg, see àrrusg.
as, *prep.* Out of, from out. [*As* drops the *s* when followed by a consonant.] A taigh na daorsa, *out of the house of bondage* ; as a chéile, *loosened, asunder* ; as a' mhachair, *out of the field* ; an ann à Tuath a tha sibh? *are you from the North?* thug i sgreuch aisde, *she gave a shriek* ; tha sinn as na geasan aice, *we are free from her spells* ; spìon as a bhun e, *eradicate it* ; thug iad an car asam, *they cheated me* ; tha iad as mo dhéidh, *they are after me* ; as an Eadailt, *from Italy* ; tha iad ag iomairt á làmhan a chéile, *they understand one another, there is collusion between them (lit. they are each playing out of the other's hand);* thubhairt iad e á beul a chéile, *they said it simultaneously.*
Combined with the personal pronouns thus:

1 Sing.	asam,	*Plur.*	asainn,
2	asad,		asaibh,
3	as, *m.* } aiste, *f.*		asta, *m. & f.*

Emphatic forms.
1 Sing. asam-sa, asam-fhéin ; *pl.* asainne, asainn-fhéin.
2 Sing. asad-sa, asad-fhéin ; *pl.* asaibh-se, asaibh-fséin.
3 Sing. (*m.*) as-san, as-fhéin ; (*f.*) aiste-se, aiste-fhéin ; *pl.* asta-san, asta-fhéin.
as, *prep. pron.* as+e Out of him *or* it. 2 From him *or* it. [Emphatic—as-san, as-fhéin.] Tha mi mór as, *I am proud of him* ; cha d'thug mi ni sam bith as, *I took nothing out* ; dubh as, *blot out* ; tha 'n solus air dol as, *the light has gone out* ; cuir as da, *destroy him or it* ; chaidh as da, *he perished* ; chaidh e as, *he escaped* ; leig as, *let go* ; leig as e, *let him or it go;* cia as? (*adv.*) *whence?* cia as a thainig sibh? cia as duibh? *where did you come from?* chuir an t-eagal as da, *fear deprived him of his senses,* or *killed him.*
†**as,** *s.f.* see asal.
†**as, ais,** *s.m.* Milk. 2 Beer, ale.
†**as,** *v.a.* Kindle, as a fire. 2**Do. 3**Make.
†**as,** *v. defect.* see is.
as,‡ *priv. part.* Not, un-.
a's, *prep.* (anns) In. [Generally used when speaking of the seasons as—a's t-Earrach, *in the Spring* ; a's t-samhraidh, a's t-fhoghar, *in the summer, in the autumn.* "A's geamhradh" is not used for *in the winter.*]
a's, *conj.* see agus.
a's, *sign* of the 1st. comparative in Gaelic when translated by the superlative in Eng. (a, *rel. pron.*+*v.* is.) Oigh a's gile làmh, *maid of the fairest hands* ; fear a's léithe colg, *a man of the greyest hair.*
†**asa,** see fasa.
†——ch, -aich, *s.m.* Shoemaker.
†**asach,** *a.* Shod. 2 Milky, watery. 3 Like beer or ale.
as a chéile, *adv.* Asunder.
as a chiall,‖ *adv* Mad. (Out of his senses.)
asad, *prep. pron.* (as+tu) Out of thee, from thee, in thee, on thee. [*Emphatic* : asad-sa, asad-fhéin.] Tha mi ag earbsadh asad, *I trust in you.*
†**asadh, -aidh,** *s.m.* Anchoring, resting, settling.
asad-sa, *Emphatic of* asad.
asaibh, *prep. pron.* (as+sibh) Out of you, from

you, n rou, on you. [*Emphatic:* asaibh-se, asaibh-fhéin.]

asaicnte,** *a. & pt. part.* Shod.

asaid, *v. & s.* see aiseadh.

asaidh, *gen. sing.* of asadh.

† ——, see †asadh.

†——, *v.n.* Rebel, revolt.

a aig, *s.f.* see àsuing.

asail, *gen.sing.* of asal.

——eag, (AF) *s.f.* Stormy petrel, storm-finch, alamouti.

asainn,(AF) see asal.

àsainn, *s.f.* see àsuing.

asainn, *prep. pron.* Out of us, from amongst us. [*Emphatic:* asainne, asainn-fhéin.]

àsainneach, *a.* Well furnished.



15. Asair.

asair,§ -ean, *s.m.* Common asarum—*asarum europæum.*

——, *v.a.* see asairich.

——, -e, -ean, *s.m.* Shoemaker. 2 Harness of a horse, equipage.

àsaireadh, *s.m.* Decline, disease of sheep.

asairich, *v.a.* Harness.

†asait,‖ *s.f.* Parturition.

†as-àitich,** Abandon, quit, evacuate. 2 Put out of place. 3 Eject.

asal, -ail, *s.f.* Ass. A' marcachd air asail, *riding on an ass;* mac na h-asaill, *a donkey colt.*

asalach,** -aiche, *a.* Asinine.

asam, *prep. pron.* (as+mi) Out of me, from me, on me, in me. [*Emphatic:* asam-sa, asam-fhéin.]

†asan, -ain, *s.m.* Staff. 2 see osan. 3 see ansa. —*adv.* There, then.

as an aghaidh, *adv.* To the face.

†asantadh, -aidh, *s.m.* Mutiny, sedition, rebellion.

as aonais, see as eugmhais.

†asard, -aird, *s.m.* Debate. 2 Assertion.

†——ach, *a.* Litigious, quarrelsome.

†——air, *s.m.* Litigious person, disputant.

asarlachd,** *s.f.ind.* Conjuration, magic. 2 Intoxication.

asarlaigheachd, see asarlachd.

as a seo, *adv.* Hence, out of this

†as-bheanailt, *s.f.* Exception.

asbhuain, *s.f.ind.* Stubble. *A.* an àite còn-lach, *stubble instead of straw.* [In some places "còn-lach" means *stubble* too.]

asbhuaineach,** *a.* Having stubble, stubbly.

asbhuainiche,** *s.m.* Stubbler, creature that grazes among stubble. 2 Starveling. 3 *in ridicule,* a probationer of the Church.

†asc, aisc, -an, *s.m.* Snake, adder. 2 Newt.

†asca-h, -aich, *s.m.* Escape.

†ascaich, *v.n.* Escape.

ascaill, *gen.sing.* of ascall.

†ascainn, *v.* I enquire, ask, beg.

ascain, see asgain.

ascair, *s.m.* Apostrophe (') in *gram.*

ascaird, *gen.sing.* of ascard *for* ascart.

ascairt, *s.f.* Budding, sprouting. 2 *gen.sing.* of ascart.

ascall, -aill, *s.m.* Loss. 2 Onset, attack. 3 Conference. 4 Flowing of the tide. 5 Mangling. 6 Personal contempt. 7 Miscreant. 8 Mangled carcase, carrion. *A.* earraich, *loss of cattle in spring;* an t-*a.* a rinn tàir oirm, *the miscreant who has reviled us.*

——, *s.f.* see asgall.

——, *a.* Mangled.

ascaoin, -e, *a.* Harsh. 2 Inclement. 3 Unkind. 4 Stubborn. Caoin air ascaoin, *inside out.*

——, -e, *s.f.* Harshness. 2 Unkindness. 3 Enmity. 4 Curse. 5 Excommunication. 6 Inclemency. Tionndadh *a.* na sìneagu tlàths, *turn to mildness the in lemency of the blast.*

——, *v.a.* Curse. 2 Excommunicate.

——each, -eicne, *a.* Fierce. 2 Of, or belonging to a curse. 3 Harsh. 4 Inclement.

——eachd, *s. f. ind.* Brutality, ferocity, savageness, churlishness.

——eadh,** -idh, *s.m.* Act of cursing, or 2 excommunicating.

——eaglais,**** *s.f.* Excommunication. 2 Cursing, comminarion.

——tich, *v.a.* Curse. 2 Excommunicate.

ascart, -airt, *s.m.* Tow, coarse lint. Snathainn ascairt, *a thread of tow.*

†ascath, *s.m.* Soldier, combatant.

as-chrodh,(AF) *s.m.* Dry cow.

ascnadh, -aidh, see asgnadh.

†ascnaim, *v.n.* I go, enter.

†as-chu, -choin, *s m.* Water dog, eel, conger eel.

ascull, see asgall.

asda, see asta.

asdail, *s.* Binding.

asdar, -air, see astar.

——ach, see astarach.

asdolach, *a.* Transitive in *gram.*

a seadh, see seadh.

a seo suas, *adv.* Henceforth.

as eugmhais, *prep.* Without.

asgaon, -aich, -aichean, *s m.* Winnower.

asgaidh, *s.f.* Boon, present.

asgaill, *gen. sing.* of asgall.

——each, -aicne, *a.* Axillar, axillary.

asgailt, -e, -ean, *s.f.* Retreat, shelter. [Sometimes confused with asgall.]

asgain, *pr.part,* ag asgnadh, *v.n.* Ascend, mount, climb.

asgair, -e, -ean, *s.f.* Chronicle, record.

asgairt, see ascart.

asgal, -ail, see ascall.

asgall, -aill, -ean, *s.m.* Bosom, breast, armpit. 2 Embrace. [Sometimes confused with asgailt.] Thug mi do d' *a., I gave to thy bosom.*

asgan, -ain, Grig, merry creature. 2 Dwarf. 3 Anything below the natural size.

†asgath,** see †ascath.

asgnadh, -aidh, *s.m.* Climax in *gram.* 2‡ Mounting, climbing, ascending.

asgnag, see fasgnag.

asgnail, *s.f.*
asguill,
asgul, } see asgall.

†asguidh, see an asguidh.

†asion, *s.f.* Crown, coronet.

as-innleachd, *pl.* -an, Destructive artifice.

——ach, -aiche, *a.* Plotting mischief, conspiring, contriving, mischievous.

a sìos, see sìos.

as is as, *adv.* Altogether, out and out.

aslach, -aich, -aichean, see aslachadh.

aslachadh, -aidh, *s.m.* Entreating, earnest supplication. 2 Conjurement. Ag a—, *pr. part.* of aslaich.

aslachair,** *s.m.* Asker, entreater.

aslachan, see achlasan.

asladh,** -aidh, *s.m.* Supplication, entreaty.

aslaich, *v.a.* Supplicate, beseech, request, entreat. Na'n aslaicheadh tu, *if thou wouldst entreat.*

aslaich, *s.f.* Bosom, breast, armpit. Sgian aslaich, *dirk;* 'na aslaich, *in his bosom.*

aslonnach, -aiche, *a.* Prone to tell, tattling.

aslonnadh, -aidh, *s.m.* Discovery, telling.

as leth, *prep.* On behalf of, for the sake of.
aslaich, aslaidh, asluich, asluidh, } see asla—.
asna, see aisne.
†asnach, *for* aisnean, *n. pl.* of aisean.
———adh, see aslachadh.
asnadh, see aisne. 2 see asgnadh.
asnag, see fasgnag.
———ach,** see fasgnagach.
asnaich, *v.* see aslaich.
as-onoir, see eas-onoir.
asp, -a, -an, *s.m.* Asp. 2 Adder.
aspaic, see asp.
aspainn, see asbhuain. 'S cinnteach gu'n robh ise làn iospainn is aspuinn, *it is certain that she was stuffed full of sausages and tow.*—*Duanaire* p. 38.
aspàrag,‖ -aig, *s.f.* Asparagus. see creamh na muice fadhaich.
asradh, -aidh, *s.m.* Harnessing.
àsran, -ain, -an, *s.m.* Forlorn object. 2 Destitute wanderer.
———ach, -aich, *s.m.* Stranger, guest, traveller, wayfaring man, rover, rambler.
†asrus, *s.f.* (aisir) Path, way, foot-path.
†assain, *s.m.pl.* Plates. greaves.
as seadh, *adv.* It is so, yes.
†assnan, see asbhuain.
asta, *prep.pron.* (as+iad) Out of them, from them, in them, on them. [*Emphatic :* asta-san, asta-fhéin.]
a staigh, *adv.* In, within. (*lit.* in the house.) *See note on* a mach.
astail, -e, -ean, *s.f.* see fasdail. 2 *s.m.* Contemptible fellow.
astair, see astaraich.
astal,** -ail, *s.m.* Javelin, spear, pike. 2 Pike-staff. 3 Chip, lath.
astar, -air, -an, *s.m.* Journey. 2 Space, distance. 3 Way, path. *A.* mór, *a great distance ; a.* thrì là.thean, *a three days' journey ; a.* math air falbh, *a good distance away* ; fad air *a., far away, as a ship ;* a' dol fo *a., going under way,* a' gearradh a h-*a., cutting her way*; thug e gu *a., he sped* ; air *a.* gu dian. *journeying with speed ; a* nam faobh, *the path of spoils* or *conquest* ; chluinntea th an saltraich *a.* cian, *their tread was heard at a great distance* ; ag *a.* o'n ear, *travelling from the East.*
———ach, -aiche. *a.* Journeying, travelling. 2 Speedy, expeditious.
———aich, *v.n.* Travel, journey, go. 2††March.
———aiche, -traichean, *s.m.* Pedestrian, traveller.
———air, *s.m.* Porter.
———an, *n.pl.* of astar.
———anaiche,** *s.m.* see astaraiche.
†astas, *s.m.* Spear, javelin. 2 Missile weapon.
asta-san, *emphat.* form of asta.
a steach, *adv.* In, into. Chaidh iad a steach, *they went in. See note on* a mach.
as-tharruing, -e, -ean, *s.f.* Abstract. 2 Extraction, drawing out.
———,** *v.a.* Abstract. 2 Extract.
———eadh, *s.m.* Abstracting. 2 Extracting.
a staigh, see a staigh.
astrachadh,** -aidh, *s.m* Travelling, journeying. Ag a—, *pr. part.* of astraich.
astradh, -aidh. (AC) Fastness. Air *a.* a' ghlinne, *in the fastness of the glen.*
astraichean,** *n.pl.* of astaraiche.
astranach,** -aich, see astaraiche.
a suas, see suas.
asuibh, see asaibh.
àsuig, see àsuing.
———each, see àsuingeach. 'S crith gu h-obair air gach crois alt tha na collainn àsuigeach, *with a shaking to work upon each cross-joint that is in her well-furnished (with tools, machinery &c.) body.*—Filidh nam Beann. Duine à., *a man who has a great variety of tools or implements ready to hand.*
àsuing, -e, -ean, *s.f.* Apparatus, tools, implements, instruments, utensils.
———each, -eiche, *a.* Well furnished with implements, tools, tackle, &c.
asuinn, see asainn.
àsuinn, see àsuing.
as ùr, *adv.* Anew, afresh. 2 Recently, lately.
at, *s.m.ind.* Swelling, tumour. 2 Protuberance, prominence. At bàn, *a white sore ling.*
at, *pr.part.* ag at. [& aradh] *v.n.* Swell, puff up, become tumid. Tha m'aodann air at, *my face is swollen.*
†atà, *simple pres* of Bi.
ata, see ad.
atach, -aich, *s.m.* Request. 2 Fermentation. 3 see ath-aodach.
†atà 'd, *v.* (*for* tha iad) They are Ni's millse na mil atà 'd, *sweeter are they than honey.*
atadh, -aidh, *s.m.* Swelling, tumour. Ag a—, *pr.part.* of at
ataich, *v.n.* Entreat, request.
atàid, see atà'd.
ataig, -e, -ean, *s.f.* Palisade, stake, pale. 2 (CR) Hurdle, "flake"—*W. coast of Ross.*
†atàii,** *a.* Deaf.
†atàim, *v.* (*for* tha mi) I am.
†Atàim, [I am] The name of God.
†atainiuheachd, *s.f.* Redemption.
atàim-se, *emphatic* form of atàim.
atain,‖ *s. m.* Furze, gorse, see conasg. [Iattin]
atairreachd, see atmhoireachd
†atais, *s.f.* Woe. grief, lamentation.
†ataiseach, *a.* Blasphemous.
atamach,* *a.* Fondling, indulgent, caressing, lenient. partial.
———d.* *s.f.* Fondling, lenience, partiality. Gun *a.* do dhuine seach duine, *without partiality to anyone.*
atamaich,* *v.a.* Foudle, caress, indulge.
†atànaid, *v.* (*for* tha sinn) We are.
atan, -ain, *s.m., dim.* of at. Cap. 2 Garland.
†ataoir, (*for* tha thu) Thou art.
atar, (AC) see armhor.
†atathaoi, (*for* tha sibh) You are.
at-bàn,‖ *s.m.* The white swelling. (Preceded by the article *an t-.*]
at-bràghad,‖ *s.m.* Quinsy.
†atchin, (*for* chi mi) I see, *or* shall see.
at-chuisle, *s.m.* Aneurism, disease of the arteries.
at-fhuachd, *s.m.* Chilblain.
ath, *a.* Next, again. An ath uair, *the next time,* or *next hour*; 'san *a.* dhorus, *in the next door*; taghlaidh bó a h-ath-bhuaile. *a cow will resort to her fold again* (*if the pasture be good*) ; dà'a, ath-bhuailte, *bold. twice beaten,* (and trying again) ; obair is ath obair. *work and work again,* (*work badly done at first*); dheanadh Fionn an ath chadal, *F. would take another sleep;* gaoth an ath thionndaidh, *the eddy-wind.*
ath-, *prefix,* Repetition, corresponding with English re-.
àth. *s.m.ind.* Ford, any part of a river that is fordable. àth nan sùl, *the corner of the eyes;* aig àthaibh Arnoin, *at the fords of Arnon* ; is fheàrr tilleadh am meadhon an àth na bàthadh uile, *better turn in the middle of the ford than drown yourself completely.*
àth, àtha, *pl.* -an, & -annan, *s.f.* Kiln. 'N uair bha sinn 'san àth le chéile, *when we were*

in the kiln together; air son mo chuid-sa dhe'n ghràn gabhadh an àth teine, *for my part of the grain let the kiln take fire.*

ath, *v.n.* Flinch, shrink, hesitate. 2 Refuse. 3 Blush. Na seòid acu athadh an cruadal, *the heroes that would not flinch in time of hardship.*

†àtha, see aimsir.

athach, -aich, *s.m.* Giant, champion. 2 Monster. 3 Yeoman, husbandman. Chunnaic sinn athaich, *we saw giants.*

———, -aiche, *a.* Bashful, modest, timid. 2 Monstrous, gigantic. 3 Clownish. 4 Sparing, pitying. Ogana h *a.*, a bashful youth ; b' *a.* an torc a mhill e, *monstrous was the boar that destroyed him.*

†———, -aich, *s.m.* Space. 2 Waves. 3 Blast, breeze. 4 Fermentation. 5 Desire, request.

athadh, -aidh, *s.m.* Fear, cowardice, timidity. 2 Modesty, bashfulness. 3 Reverence, homage. 4 Shame. 5 Blush. 6 Daunt. 7** Gust or blast of wind Duine gun nàire gun *a.*, *a man without shame or reverence of face ;* neul an athaidh agus an ammoich, *at the fall of fear and laziness.*

athach, *gen. sing.* & *n. pl.* of athach.

———, *v.n.* Abash.

†athaile, *s.f.* Inattention, neglect.

athailt, -e, -ean, *s.m.* Mark, scar, impression. 2 Vestige, trace. see ail.

———each, -e che. *a.* Full of scars or marks, causing a scar or mark, of or pertaining to a scar.

athain, *gen. sing.* of athan.

ath-ainm, -e, *pl.* -ean, & -mcannan, *s.m.* Nickname.

athainne, see aithinne.

athaintean, *pl.* of athainne. (*for* aith'innt an.)

athair, athar, *pl.* aithriche & -ean, *s.m.* Father, ancestor.

——— -ainmeach, *a.* Patronymical.

——— -baistidh, *s.m.* Godfather.

——— -ceile, *s.m.* Father-in-law.

———e, *for* aithrichean, *n.pl.* of athair.

†———ealt,** -eig, *s.f.* Paternal aunt.

———ealachd, *s.f.* Fatherliness. 2 Affectionateness, kindness.

———eil, -e, *a.* Fatherly, paternal.

——— -faosaid, *s.m.* Father confessor.

———ich, *v.a.* Adopt, father.

——— -liath,§ athar-, &c., *s.m.* Garden sage, *salvia officinalis.* **Mountain sage.

——— -lus, -uis, *s.m.* Ground ivy. see iadhshlat thalmhainn.

——— -mhaoin *s.m.* Patrimony.

——— -mhor, *s.m.* see *a.*-mhortadh & *a.*-mhortair.

——— -mhortach, -aiche, *a.* Parricidal.

——— -mhortadh, -aidh, *s.m.* Parricide (act.)

——— -mhortair, *s.m.* Parricide (person.)

——— -neimh, see nathair-nimhe.

——— -thalmhainn,§ *s.m.* Yarrow. see lus chosgadh na fola.

athais, *s.f.* Leisure, ease. 2 Personalty. 3 see aithis. A' cheud *a.* a bh'theas orm, *the first opportunity I get ;* gun dad *a.*, *without any leisure ;* am bheil thu air t' *a.* ? *are you at leisure ?* air t'*a.*, *avast ! hold on !*

†———. *v.a.* see ta this.

———eacu, -eiche, *a.* Slow, tardy. 2 see aithiseach.

———eam, -eich, -an, *s.m.* Dilatory person. 2 see aithiseach.

———eachd, *s. f. ind.* Slowness, laziness. 2** Easiness.

———eil,** *a.* Anodyne.

———ich,* *v.n.* Get calmer, abate, as rain. 2 ease. 3 see aithis.

ath-aithris, *v.a.* Repeat, imitate.

athal, -ail, *s.m.* see adhal & aingeal.

†———, *a.* Deaf.

athamanachd, see anmoch.

àthan, -ain, *s.m.* Little ford, shallow part of river reaching from bank to bank.

———na, *pl.* of àthan. à. Iordain, *the fords of Jordan.*

athan,‡ -ain, *s.m.* Colt's-foot, see cluas-liath.

a thaobh, *prep.* Regarding, according.

ath-aodach,(AC) *s.m.* Cast-off clothes. 2 New cloth.

àth-aoil, *s. f.* Lime-kiln.

athar, -air, *s.m.* Sky, firmament. 2 Atmosphere, air, cloud. 3 Dregs of a disease. 4* Evil effects of anything. Agus riun Dia an t-*a.*, *and God made the firmament ;* tha 'n t-*a.* dorch, *the atmosphere is dark* or *hazy ; a.* na griuthaich, *the evil effects of the measles; a.* òil, *the dregs of a debauch;* bithidh thu an athar sin ri d' bheò, *you will feel the effects of that as long as you live.*

———, *gen. sing.* of athair.

———,** } *a.* see atharail.
———ach, }

———achd, *s. f. ind.* Airiness.

———ag, -aig, -an, *s.f.* Aërial being.

———ail, -e, *a.* Ethereal, atmospheric, airy, aërial. 2 Glorious.

†———ais,** *s.f.* Mimicry, mocking. 2 Ludicrous gesticulation.

———-amharc, *s.m.* Aëroscopy, observation of the air.

†———dha, *s.m.* One's Native country.

†———dha, *a.* Fatherly.

———eòlas, *s.m.* Aëromancy, aërology, art of divining by the air.

†———gadh, -aidh, *s.m.* Sharp engagement. 2 Adoption.

†———gaibh, *s. f.* Importunity, solicitation.

athar-gheasachd,‡‡ *s. f.* Aëromancy.

athar-iùl, -iuil, *s. f.* aëro-log , aëromancy.

———la, -an, *s. f.* Quey, heifer.

†———mhactadh, *s.m.* Parricide.

athar-mhèidh, -ean, *s. f.* Barometer, aërometer.

atharnach, -aich, *s.f.* Second crop. 2 (AH) Ground from which potatoes or turnips have been lifted.

†atharrach, *a.* Strange, curious, droll. 2†† Foreign.

———, -aich, *s.m.* Stranger, alien. 2 Alteration, change. Nach faicealh call an atharraich, *who would not see a stranger lose ;* cha d' thàinig *a.* riamh, *another never came ;* cha 'n e math an *a.* a th' air 'aire, *it is not the interest of another he has in view.* Cha'n 'eil atharrach agad r'a dh'aonamh, *you have no alternative ;* cha'n 'eil math 'na *a.*, *there is no good in a change ;* cha robh thu riamh air *a.*, *you were never otherwise ;* cha'n 'eil *a.* air, *there is no help for it.*

———adh, -aidh, *s.m.* Change, alteration. 2 Removal, flitting. 3 Version. 4 Another. Ag a—, *pr. part.* of atharraich. Changing, altering, removing, flitting. *A.* giùlain, *an opposite line of conduct ;* is mór an t-*a.* a thàinig air, *there is a great change in him.*

———ail, *a.* Changing. 2 Changeable, unsteady. 3 Alternative.

atharraich, *pr.pt.* ag atharrachadh, *v.a.* Change, alter. 2 Remove, flit. 3 Turn. 4 Budge. 5 Translate. Dh'*a.* iad an aodach, *they changed their clothes;* a shaor agus a dh'*a.* sinn, *that delivered and translated us.*

———te, *pr.pa t.* of atharraich

atharrais, *pr.pt.* ag atharrais, *v.a.* Mimic, imi-

tate. Ag *a.* ormsa, *mimicking me.*
————,** *s. f.* Mimicry, foolish repetition. Ag a—, *pr. pt.* of atharrais.
———— -beulain, *s. f.* see aithris-bheulain.
atharraiseach, -eiche, } ‡‡ *a.* Mimical.
atharraiseil, -e, }
atharraisich, *v.a.* see atharrais.
athar-sheòladair, *s.m.* Aëronaut.
athar-sheòladaireachd, *s. f. ind.* Aërostation.
athar-thomhas, -ais, *s.m.* Aërometry.
———— -thìr, -e, *s.f.* One's native country.
athas,** -ais, *s.m.* Victory.
athbhach, -aich, *s.m.* Strength.
ath-bhàrr, -a, -an, *s.m.* Second crop, after crop.
athbhàs, -àis, *s.m.* Second death.
ath-bheachd, -an, *s.m.* Retrospect. 2 Second thought, after-thought, consideration, reconsideration.
————aich, *v.n.* Look steadfastly or a second time. 2 Reconsider.
ath-bheothachadh, -aidh, *s.m.* Reviving, rekindling, refreshing, reanimating, quickening. Rinn do bhriathran m'*a.*, *your words have revived me.* Ag a—, *pr.pt.* of ath-bheothaich.
ath-bheothachail, *a.* Reviving, quickening, rekindling.
ath-bheothaich, *pr.pt.* -achadh, *v.a.* Revive, refresh, rekindle, reanimate, quicken, sharpen, excite. *A.* an gealbhan, *rekindle the fire.*
————idh, *fut.aff.a.* of ath-bheothaich.
————te, *past pt.* of ,,
ath-bheum, -an, *s.m.* Second wound or hurt.
ath-bhlas,** *s.m.* After-taste.
ath-bhliadhna, *s.f.* Next year. 2 Second year. Mu'n tràth seo an ath-bhliadhna, *about this time next year.*
ath-bhliochd, *s.f.* Second milking, after-milking. 2*Second month after calving. Dhairteadh as a h-*a.* a' bhò, *the cow was lined the second month after calving.*
àth-bhrachaidh,** *s.f.* Malt-kiln.
ath-bhreith, *s. f.* After-birth. 2 Second birth, regeneration. 3‡‡Second judgment.
ath-bhriathar, -air, *s.m.* Tautology, repetition. 2**Secondhand saying.
ath-bhriathrach, -aiche, *a.* Tautological.
————as, -ais, *s.m.* Tautology.
ath-bhriathraiche, *s.m.* Tautologist. 2**One who uses secondhand expressions. 3 One who repeats tediously.
†ath-bhrod, *v.a.* Resuscitate, reawaken.
ath-bhrosnachadh, -aidh, *s.m.* Rallying, reinspiring with courage. 2 Resuming of courage. Ag a—, *pr.part.* of ath-bhrosnaich. Ag ar n-*a.*, *rallying us.*
ath-bhrosnaich, *pr.pt.*ag ath-bhrosnachadh,*v.a.* Rally, re-encourage. 2 Resume courage.
————te, *past pt.* of ath-bhrosnaich.
ath-bhuail, *pr.pt.* ag ath-bhualadh, *v.a.* Strike or beat again. 2 Re-thrash. C'uime nach d' *a.* thu do shleagh? *why did you not restrike your spear?*
ath-bhuaile, see note under ath.
ath-bhuailidh, *fut.aff.a.* of ath-bhuail.
†ath-bhuailt, *adv.* Again.
ath-bhuailte, *past pt.* of ath-bhuail. Sgrios *a.*, *double destruction*; gu bràth na pillibh *a.*, *never come back reconquered*; dàna ath-bhuailte, *bold, twice beaten.*
————ach, *a.* Restriking. 2 Reconquering.
ath-bhuain, *v.a.* Cut down or shear again.
ath-bhualadh, -aidh, *s.m.* Second striking. 2 Reconquering. 3 Repercussion. 4‡‡Reaction.
ath-bhuannaich, *v.a.* Regain, recover.
————te, *pt.pt.* & *a.* Regained, recovered. 2 Restored.
ath-bhuidhinn, *v.a.* Regain, recover, repossess, retrieve.
————eadh, -idh, *s.m.* Regaining, recovering, repossessing.
ath-bhuille,** *s.m.* After-clap.
†athcaoid, see acaid.
†————each, see acaideach.
ath-chadal, Second sleep. Rudhadh shuas 'sa mhoch mhaduinn, dheanadh Fionn an ath-chadal, *when there was a rosy sky at dawn* (sign of bad weather) *F. would take another sleep.*
ath-chagainn, *pr. pt.* ag ath-chagnadh, *v.n.* Chew again, ruminate. 5 Chew the cud
ath-chagnach, *a.* Cud-chewing. 2 Ruminating. Ainmhidh *a.*, *an animal that chews the cud.*
ath-chagnadh, -aidh, *s.m.* Chewing of the cud. 2 Rumination.
ath-chàirich, *v.a.* Repair, remend.
ath-chairt, *s.f.* Granting of a charter. 2 Renewal of a lease.
ath-chaithte, *a.* Worn out, cast off.
ath-chan ich, see ath-chuingich.
ath-channtaireachd, *s.f.* Singing again.
†athchasan, -e, *s f.* Complaint.
ath-chàramh, *s.m.* Repairing, second mending.
ath-chas, *v.a.* Retwist.
ath-chasadaich, -e. *s.f.* Second coughing.
ath-chasaid, *s.f.* Second charge, second complaint or accusation.
ath-chasta, *a.* Retwisted. 2 Strongly twisted.
ath-cheangal, -ail, *s.m.* Rebinding. 2 Renewal of an agreement.
ath-cheannach, -aich, *s.m.* Repurchasing, redemption. Ag a—, *pr.pt.* of ath-cheannaich. Ag *a.* na h-aimsir, *redeeming the time.*
———— ————adh, -aidh, *s.m.* see ath-cheannach.
ath-cheannaich, *pr.pt.* ag ath-cheannach [& -cheannaciadh**] *v.a.* Redeem, repurchase.
———— ————te, *pt.pt.* of ath-cheannaich.
ath-cheannsaich,* *v a.* Reconquer, subdue a second time. 2 Retrieve.
ath-cheasnachadh, -aidh, *s.m.* Re-examination.
ath-cheasnaich, *pr.pt.*ag ath-cheasnachadh,*v.a.* Re-examine.
†ath-cheileabhras, *s.m.* Second farewell.
ath-cheumnachadh, -aidh, *s.m.* Repacing. 2 Recapitulation.
ath-cheumnaich, *v.a.* Repace. 2 Recapitulate.
ath-chlaon,* *v.a.* Relapse into error. 2 Deviate a second time.
————adh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Further error or offence. 2 Second deviation.
ath-chleamhnas, -ais, *s.m.* Connection by a second marriage. Is fuar comunn an ath-chleamhnais, *cold are the connections of a first marriage after a second.* [see note under "ath-chneadh."]
ath-chluich,** -e, *s f.* After-game.
ath-chnàmh, -a, *s.m.* Second digestion. 2 Second concoction.
ath-chneadh, -eidh, -neidhean, *s.f.* Second wound. Is léigh fear an ath-chneidh, *the man of the first wound is surgeon (for a second*—ath *signifying a second to come.)* This sentence and the one given under "ath-chleamhnas" show that "ath-" does not always signify *again*, but sometimes *first* implying a *second* to come.
ath-chog, *v.n.* Rebel.
————adh, -aidh, *s.m.* Insurrection, rebellion.
ath-choimhearan, -ain, *s.m.* Register.
ath-choimhre, *s f.* Abridgment.
ath-choisich, *v.n.* Repass, travel again, retrace.
————te, *pt. p.* Repassed, retravelled, retraced.
ath-chomain, -e, -ean, *s.f.* Second obligation. 2 Recompense, requital, retaliation.

ath-chomair, -e, *a.* See ath-chuimir.
†ath-chomhairc, *v.a.* Shout again.
ath-chomhairle, -an, *s.m.* Second thought. 2 Second advice.
————achadh, -aidh, *s.m.* Re-advising, re-admonishing.
ath-chomhairlich, *v.a.* Re-advise, re-admonish.
————te, *pt. pt.* Re-advised, re-admonished.
†ath-chomharaich, *v.a.* Ask.
ath-chomharraich,** *v.a.* Countermark.
ath-chosdas, -ais, *s.m.* After-cost.
ath-chràdh, -aidh, *s.m.* Second pain or torment.
àth-chrè, *s.m.* Brick-kiln.
àth-chriadh, see àth-chrè.
ath-chronaich, *v.a.* Rebuke a second time.
àth-chruachaidh,** -a-, -au-, -annan-, *s.f.* Drying kiln.
ath-chruinneachadh, -aidh, *s.m.* Regathering, reassembling. 2 Rallying. 3 Reuniting.
ath-chruinnich, *v.a.* Regather, reassemble. 2 Reunite. 3 Rally, as an army.
————ear, *fut. pass.* of ath-chruinnich.
————te, *pt. pt.* Gathered again, reassembled. 2 Reunited. 3 Rallied.
ath-chruth, *s.m.* Change of form. 2†† Second form or appearance.
ath-chruthachadh, *s.m.* Recreating. 2 Regeneration. 3 Reformation. Ag a—, *pr.pt.* of ath-chruthaich.
ath-chruthaich, *v.a.* Recreate. 2 Regenerate. 3 Reform. 4 Reconstruct.
————ear, *fut.pass.* of ath-chruthaich.
————te, *pt.pt.* of ath-chruthaich.
ath-chuibhlich, *v.a.* Wheel back. 2 Revolve.
ath-chuimhne, *s.f.* Recollection, remembrance.
————achadh, -aidh, Remembrance, recollection. Ag a—, *pr.pt.* of ath-chuimhnich.
ath-chuimhnich, *v.n.* Recollect, remember, put in mind a second time, recall.
ath-chuimir, -e, *a.* Brief. 2 Compendious.
†————ic, *s.f.* Rehearsal of a cause.
ath-chuimrich,* *v.a.* Pare a second time, or minutely.
athchuinge, -ean, *s.f.* (ath+cuinge) Prayer, petition, request, entreaty.
————ach, *a.* Supplicatory, entreating, of or belonging to, a prayer or petition.
————an, *n. pl.* of athchuinge.
————ar, see athchuingiche.
athchuingi h, *v.a.* Petition, supplicate, entreat.
————e, *s.m.* Petitioner, supplicant.
†ath-chuir, *v.a.* Banish. 2 Surrender.
ath-chùiteachadh, -aidh, *s.m.* Recompense.
ath-chum, *v.a.* Form or shape anew. 2 Deform, disfigure. 3†† Reform.
ath-chumadh, -aidh, *s.m.* Shaping or forming anew. 2 Deforming, disfiguring.
†ath-chumain, *v.a.* Deform. 2 Transform.
ath-chumta, *a.* Formed or shaped anew. 2 Deformed, mangled.
ath-chunn,* *v.a* Reshape, transform.
†ath-chur, *s.m.* Banishment, exile. 2 (AH) Lastingness, wear-resisting property.
ath-dhàn, -àin, *s.m.* Byeword, byename, nickname. 2 See aghan. Bithidh tu a d' *a.*, *thou shalt be a byeword.*
ath-dhealbh,* *v.a.* Transform.
————adh, -aidh, *s.m.* Transformation, change of shape. metamorphosis.
ath-dheanadach, *a.* Itinerant, circumlocutory.
ath-dheanamh, -aimh, *s.m.* Doing over again.
ath-dhioghail, see a h-dhìol.
ath-dhioghaltach, see ath-dhìoltach.
ath-dhioghladh, see ath-dhìoladh.
ath-dhìol, -a, *s.m.* see ath-dhìoladh.
ath-dhìol, *v.a.* Requite, refund, recompense, repay.
ath-dhìoladh, -aidh, *s.m.* Requital, repayment, refunding, restitution. 2 Retaliation. Ag a—, *pr.pt.* of ath-dhìol.
ath-dhìoltа, *a.* Requited, repaid, recompensed.
————ch, *a.* Revengeful, vindictive.
ath-dhreachadh, -aidh, *s.m.* Shaping again, remodelling.
ath-dhruid, *v.a.* Reshut, close again.
————te, *pt. pt.* of ath-dhruid.
ath-dhùblachadh, -aidh. *s.m.* Redoubling, reduplication. Ag a—, *pr.pt.* of ath-dhùblaich.
ath-dhùblaich, *v.a.* Redouble.
————te, *pt.pt.* of ath-dhùblaich.
ath-dhùin,* *v a.* Reshut.
ath-dhurmanaich,** *v.a.* Remurmur.
ath-éisdeachd, see aith-éisdeachd.
ath-fhas, *v.n.* Grow agai .
————,**-àis, *s.m.* After growth, second crop.
ath-fhear, -fhir, *s.m.* An ath-fhear, *the next or second man. 2 The next or second thing.*
ath-fheuchainn, -e, *s.f.* Second trial, revisal.
ath-fhuarachadh, -aidh, *s.m.* Recooling, act of cooling a second time. Ag a— *pr.pt.* of ath-fhuaraich.
ath-fhuaraich, *v.n.* Cool again, recool.
————te, *pt pt.* Recooled.
ath-fhuasgladh, -aidh, *s.m.* Redemption. 2 Ransom. 3 Release.
ath-ghabh, *v.a.* Retake, recover, regain, resume.
————ail, *s.m.* Resuming, recovering, retaking, as of spoil.
————ta, *pt. pt.* Retaken, recovered, regained, resumed.
ath-ghairm, *v.n.* Call again. 2 Repeat, echo, re-echo.
————, *s. f.* Echo.
ath-ghamhnach, -aich, -aichean, *s. f.* Cow that has been two years without a calf.
ath-ghearr, -a, -iorra, *a.*
————, -iorra, *s.m.*
————, *v.a.*
————achadh, -aidh, *sm* } see aith—.
————ad, -aid, *s.m.*
————adh, -aidh, *s.m.*
————aich, *v.a.*
————aichte, see aith-ghearraichte.
ath-ghin, *v.a.* Regenerate, renew, produce a second time. 2 Recreate, renovate.
ath-ghineamhuinn, *s. f.* Regeneration. 2 Reproduction.
ath-ghintinn, see ath-ghineamhuinn.
ath-ghinte, *pt. pt.* of ath-ghin. Regenerated. 2 Reproduced.
ath-ghiorra, *a.* (for aith-ghiorra) see aith-ghearr.
————ich, see aith-ghearr.
ath-ghlac, *v.a.* Retake, resume. 2 Apprehend a second time. 3 Catch again.
————te,[1] *pt.pt.* Retaken. 2 Re-apprehended. 3 Recaught.
ath-ghlan, *v.a.* Repolish, refine, recleanse. 2 Purify, strain.
————adh, -aidh, *s.m.* Recleansing. 2 Refining, purifying. Ag a—, *pr.pt.* of ath-ghlan.
————te,[1] *a. & pt. part.* Recleansed, repol-

1. In adding the suffix *te*, the rule that consonants must come between vowe s of the same class is not in every case regarded, because in speech it is not conformed to. In the case of Verbs of one syllable ending in *l*, *n*, *r*, or *s*, and all those of more than one syllable, the letter *i* is introduced before the final consonant to make the spelling accord with the pronunciation. It is left out in other cases for the same reason. —M.M

ished, refined, purified, scoured, burnished.
ath-ghlaodh, -aoidh, *s.m.* Second call.
————aich, *v.n.* Cry again, re-echo.
ath-ghnàthach, *a.* Secondhand.
ath-ghniomh, *s.f.* After doing, after act.
ath-ghointe, *a.* Wounded again.
ath-ghoirid. *a.* see aithghearr.
————,* *s.f.* Short road, way, or method. 2** Short time, moment.
ath-ghràdh,** *s.m.* After love.
ath-iarr, *v.a.* Seek or search again. 2 Request.
————aidh, *s.f.* Seeking again. 2 Requesting. Ag a—, *pr.pt.* of ath-iarr.
————tas, -ais, *s.m.* Request. 2 Second asking or seeking. 3 Second order. 4 Repetition as in prayer.
ath-i h,(AG) Second eating. 2 (†ith *or* †ioth) Corn damaged by cattle on a field before it is cut. Crodh air an a., *cattle on ground bearing a second crop*; cha'n 'eil ni an seo ach a., *there is nothing here but damaged corn.*
ath-ionnsuidh, *s.m.* After-attempt, second or repeated attempt.
a thiota,‡‡ *adv.* Quickly, immediately.
ath-là, *s.m* Next day.
†ath-laghadh, *s.m.* Procrastination.
ath-laimhsich, *v.a.* Handle again.
ath-làmh, -aimh, *s.f.* Second hand.
athlamh, see ealamh.
ath-làn, *s.m.* Refilling. 2 Second full of a measure.
ath làn-mara, *s.m.* Next high-tide, reflux of the sea.
ath-laoch, -aoich, *s.m.* Champion. 2 Youth fit for battle.
ath-lath, see ath-laoch.
ath-lathachadh, -aidh, *s.m.* Procrastination.
ath-lathaich, *v.n.* Procrastinate, delay.
ath-leagh, *v.a.* Remelt.
————te,[1] *pt.pt.* Remelted.
ath-leasachadh, -aidh, -ean, *s.m.* Reforming, mending, reformation, amendment, correction, amelioration, improvement. 2 Second dunging of land. Ag a—, *pr.pt.* of ath-leasaich.
ath-leasachair, -ean, *s.m.* Reformer, corrector. 2 *Amender.
ath-leasaich, *v.a.* Reform, amend, ameliorate, correct, improve. 2 Dung land again. *A.* do chòmhradh agus do bheusan, *amend your conversation and manners.*
ath-leasaiche, see ath-leasachair.
ath-leasaichte, *pt.pt.* Reformed, amended, corrected, improved.
ath-leithid. -e, *s.f.* Requital.
ath-leum, *v.n.* Rebound, spring or leap again.
————, -eim, -an, -annan, *s.m.* Second leap.
————artaich, *s.f.* Rebounding. 2 Continual jumping or bounding.
ath-lion, *v.a.* Refill, replenish, recruit, reflow.
————adh, -aidh, *s.m.* Refilling, replenishing, recruiting, reflowing. Ag a—, *pr.pt.* of ath-lion.
†athlo, see ath-là.
†athloimhe, *s.f.* Dexterity.
ath-loisg, *v.a.* Reburn, burn thoroughly.
†athlomh, see ealamh.
ath-lorg, -uirg, *s.f.* Retracking.
————aich, *v.a.* Retrace, trace over again.
ath-losgadh, -aidh, *s.m.* Second burning, thorough burning.
ath-luasganachd, *s.f.* Alternateness.
ath-mhalairt, *s.f.* Re-exchange. 2 Second bargain.
————, *v.* see ath-mhalairtich.

1. See note on page 53.

ath-mhalairtich, *v.a.* Re-exchange. 2 Make a second agreement.
————te, *pt.pt.* of ath-mhalairtich.
ath-mhaoin, *s.f.* Second advantage.
ath-mhaoltas, -ais, *s.m.* Shame.
ath-mheal, *v.a.* Re-enjoy.
————tuinn, *s.f.* Re-enjoyment. Ag a—, *pr.pt.* of ath-mheal, Re-enjoying.
ath-mhògach, *s.f.* *for* fath-mhùgach.
ath-mhuinntireas, -ris, *s.m.* Second engagement with a master.
†ath-mhunnadh, *s.m.* Admonition.
†athnachd. *s.f.* Burial, interment.
ath-neartachadh, -aidh, *s.m.* Restrengthening, recruiting, reinforcing, reinforcement. Ag a—, *pr.pt.* of ath-neartaich.
ath-neartachail, a. Strengthening, recruiting. Leigheas a., *a strengthening medicine.*
ath-neartaich, *v.a.* Reinforce, recruit, refresh, restrengthen, renew.
ath-nuadhachadh, -aidh, *s.m.* Renovation, renovating, renewing. Ag a—, *pr.pt.* of ath-nuadhaich. *A.* bhur n-inntinn, *the renewal of your minds.*
ath-nuadhaich, *v.a.* Renew, renovate, Ath-nuadhaichear a' bhliadhna, *the year shall be renewed.*
————te, *pt.pt.* of ath-nuadhaich.
ath-obair, *s.f.* Work done again. [ex. under ath.]
ath-oidhch', *adv.* i.e. an ath-oidhche, *to-morrow night.*
ath-oidheirp,** *s.* After-endeavour.
ath-phill *v.n.* Return. 2 Turn again.
————eadh, -lidh, *s.m* Return, returning, coming back. 2 Circulation. 3(AH) *s* eturn of a disease after convalescence. Bhitheadh 'a. mar a' ghrian, *his return would be like the sun.*
ath-philltinn, see ath-philleadh.
athraiche, } *pl.* of athair.
athraichean, }
ath-réiteachadh, -aidh, *s.m.* Reconciliation, reconcilement. 2 Atonement, expiation. 3** Second disentangling. 4**Second clearing or arranging. Ag a—, *pr. pt.* of ath-réitich.
ath-réiteachail, *a.* Reconciliatory, pacificatory.
ath-réitich, *v.a.* Reconcile. 2 Re-expiate, reatone. 3 Disentangle again. 4 Clear again. 5 Rearrange.
————te, *past pt.* of ath-réitich.
ath-roinn, *v.a.* Subdivide, divide again.
————,** *s.f.* Subdivision, second division.
————te, *past pt.* Subdivided.
ath-ruamhar, *v.a.* Redelve, dig again.
ath-ruamhradh, -aidh, *s.m.* Second digging or delving. Ag a—, *pr. pt.* of ath-ruamhar.
†ath-rughadh. } see atharrachadh.
†ath-ruigheadh, }
ath-sdiùir, see ath-stiùir.
ath-sgal, *s.m.* Second squall. 2 Echo. 3 Skirl of the bagpipes. 4 Any loud and shrill sound.
ath-sgath, *v.a.* Reprune, lop again, cut down again.
ath-sgeul, -eòil, *s.m.* Tale at second hand, second telling. 2 Repetition. Is tric nach tig ath-sgeul air an droch sgeul, *bad news is seldom (not often) refuted.*
ath-sgios, -a, *s.m.* Second fatigue.
ath-sgrìobh, *v.a.* Transcribe, copy. 2 Write again. A dh'a. daoine Heseciah, *which the men of H. copied.*
————adh, -aidh, *s.m.* Transcript, transcribing, copy. Ag a—, *pr. part* of ath-sgrìobh
————air, -e, -ean, *s.m.* Transcriber.
————ar, *fut. pass.* of ath-sgrìobh.
————te,[1] *past pt.* „ „

ath-shaor, *v.a.* Redeliver.
————adh, -aidh, *s.m.* Redelivering, redeliverance, second redeeming. Ag a—, *pr.pt.* of ath-shaor.
————te,[1] *past pt.* of ath-shaor.
ath-shaothrachail, *a.* Assiduous, diligent, constant in application.
ath-sheilbhachadh, -aidh, *s.m.* Re-inheriting, repossessing. 2 Reversion, re-investment. Ag a—, *pr. pt.* of ath-shealbhaich.
ath-shealbhaich, *v.a.* Reposses, re-inherit.
—— ————te, *pt. pt.* of ath-shealbhaich.
ath-sheall, *v.n.* Reconsider. 2 Look again.
————ach, *a.* Looking back, retrospective.
————adh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Second look. 2 Retrospect. 3 Second sight, or view.
————tuinn, *s. f.* Second looking or viewing. Ag a—, *pr. pt.* of ath-sheall.
ath-sheiun, *v.a.* Sing again.
ath-shlàinte, *s. f.* Convalescence.
—— ————ach, -eiche, *a.* Convalescent.
ath-shnàmh, *v.n.* Reswim, swim again.
————adh, -aidh, *s.m.* Reswimming, swimming back again.
————ta, *pt. pt.* of ath-shnàmh.
†**ath-shuidheachadh**, -aidh, *s.m.* Replanting, second settlement.
ath-shuidhichte, *pt.pt.* Replanted, resettled.
ath-smaoin, see ath-smuain.
ath-smaoineachadh, **ath-smaoinich**, **ath-smaointeachadh**, **ath-smaointich**, } see ath-smuaint—.
ath-smuain, -e, -tean, *s. f.* Second thought, after-thought.
————teachadh, -aidh, *s.m.* Consideration, pondering, reflecting, reconsidering. Ag a—, *pr. pt.* of ath-smuaintich.
————teachail,** *a.* Apt to reflect or considerate.
————tean, *n. pl.* of ath-smuain.
————tich, *v.a.* Reconsider, ponder, meditate, reflect.
ath-stiùir, *v.a.* Steer again. 2 Reconduct.
atnte,[1] *a. & pt.pt.* of at. Swelled, swollen.
ath-thagh, *v.a.* Rechoose, make a second choice. 2** Reelect.
————adh, -aidh, *s.m.* Re-electing, rechoosing.
————ta, *past pt.* Re-elected, rechosen.
ath-thalmhainn,(AF) see famh-thalmhainn.
ath-theachd, *s.m.* Second coming. 2 Next arrival. 3 Second growth.
ath-theine, *s.m.* Second firing, or volley. ††see aithinne.
ath-theist, -e, -ean, *s. f.* Second testimony.
ath-theòdh, *v.a.* Rewarm, warm again.
ath-theòdhadh, -aidh, *s.m.* Warming a second time. Ag a—, *pr.pt.* of ath-theòdh.
ath-thighinn, *s.f.* Second coming.
ath-thill, *v.a.* see ath-phill.
ath-thilleadh, -eidh, see ath-philleadh.
ath-thinneas-cloinne, *s.m.* After-pains.
ath-thionndadh, -aidh, *s.m.* Second turning. 2 Returning a second time. 3 Causing to turn a second time, 4**Eddy. Gaoth an *a.*, *the wind of the eddy.*
————, *v.a.* Return a second time.
ath-thionnsgain, *v.a.* Recommence, resume, redevise.
ath-thionnsgnadh, -aidh, *s.m.* Recommencing, recommencement, resuming, redevising.
ath-thodhar, -air, *s.m.* Second crop after a field has been manured by the folding of cattle or sheep. 2‡‡Remanuring. 3‡‡ Second bleaching. 4‡‡Lea land remaining two years untilled.
ath-thog, *v.a.* Rebuild, rear again, lift or take up again.
ath-thogail, -thogalach, -thoglaichean, *s.f.* Rebuilding, second raising, rearing or lifting.
ath-thogte,[1] *pt. pt.* Rebuilt.
ath-thòiseachadh, -aidh, *s.m.* Recommencing, resuming.
ath-thòisich, *v.a.* Recommence, resume.
ath-threòrachadh, -aidh, *s.m.* Reconducting, reguiding. Ag a—, *pr. pt.* of ath-threòraich.
ath-threòraich, *v.a.* Reconduct, reguide.
ath-threòraichte, *pt.pt.* of ath-threòraich.
ath-thruas, -ais, *s.m.* Compassion.
————ach,‡‡ -aiche, *a.* Compassionate.
ath-thugh, *s.m.* Second thatching. 2 Second cover.
————, *v.a.* Thatch again. 2 Recover.
ath-thughta, *pt.pt.* Thatched again.
ath-thuisle, *s.f.* Second fall or stumble.
ath-thuisleachadh, -aidh, *s.m.* Second stumbling or slipping. 2 Relapse. Ag a—, *pr. pt.* of ath-thuislich.
ath-thuislich, *v.n.* Fall or stumble again. 2 Relapse.
ath-thuit, *v.n.* Fall again. 2 Relapse.
ath-thuiteam,-eim, *s.m.* Second fall. 2 Relapse.
ath-thulgadh,** *s.m.* After-tossing (of waves)
ath-uair, -e, -ean, *s.f.* Next time. 2 Second time.
ath-uamharra, *a.* Terrible, direful, abominable, odious, execrable, detestable, horrible.
ath-uamharrachd, *s. f.* Abomination, detestation, hatefulness, atrociousness.
†**ath-uamharrtha**, see ath-uamharra.
†**ath-uasgladh**, see ath-fhuasgladh.
a thubhradh, *a.* Above-cited.
a thuilleadh, *adv.* More, moreover.
†**athuis**, see athais.
ath-ùrachadh, -aidh, *s.m.* Renewing, reviving, refreshing, reanimating, refreshment, renewal, reanimation. 2 Regeneration. Ag a—, *pr.pt.* of ath-ùraich.
ath-ùraich, *v.a.* Revive, refresh, renew, renovate. 2 Regenerate.
ath-ùraichte, *pt.pt.* of ath-ùraich.
†**atlaige**, *s.pl.* Repeated praise.
atmhoire, *comp.* of atmhor.
atmhoireachd, *s. f.* Tendency to swell. 2 Turgidness. 3 Pride, vanity. 4 Bombast. 5 Boisterousness. 5 Fermentation. *A. Iordain, the swelling of Jordan.*
atmhor, -oire, *a.* Swelling. 2 Turgid. 3 Raging. 4 Boisterous. 5 Bombastic.
†**atrach**, see ardrach.
atruas, see ath-thruas.
atruasach, see ath-thruasach.
†**attaca**, *adv.* (an taic) Hard by.
atuigean, (for ataigean) *n.pl.* of ataig.
atuingean, *n pl.* of atuinn.
atuinn, -e, *pl.* -ean [‡‡&-nugean] *s. f.* Gate, wicket. 2 Palisade. 3 Rafter.
atuinnean, *pl.* of atuinn.
†**auer-coille**, *s.m.* Capercailzie, see capull-coille.

For words beginning with *au, abh-* or **au-**, *amh-* may be consulted, the diphthong *au* not being admissible in modern Gaelic orthography. It frequently occurs in old manuscripts, as well as in several writings of later date.

†**audhacht**. (for bàs) Death.
†**aur** *s.m.* See òr.

1. See note on page 53.

B b

b, Beith, *birch-tree*, the second letter of the Gaelic alphabet now in use. It sounds somewhat harder than *v*, and softer than *p* in English. When immediately followed by *h*, it has an aspirated sound like *v* in English, as bhuail, *struck*. At the end of a word or syllable however, the aspiration sometimes passes in certain dialects, into the sound of the vowel *u*, as searbh, *bitter*; fiabhrus, *fever*; and before consonants it is frequently silent.

b',** (for a bu) Who was, who were, which was, which were.

b', (bu) *past aff.* of is. Used before an initial vowel or *fh*. B'uamhasach an là, *terrible was the day*; b'fhearr t ainm na do ghniomh, *your name was better than your deed*; b'fhearr leam, *I would prefer*; b eòl.ach mis' air, *I knew him well*.

†bà, *a.* Good, honest. 2**Simple-minded, easy, foolish.

bà, NGP) *s.m.* Simpleton. Is furasd' am bà a mhealladh gun a làmh a lòmadh, *the simpleton may be deceived without being robbed*.

bà bà! *int.* A lullaby. Bà bà mo leanabh! *sleep sleep my child!*

†ba,** *v.* now bàth.

†ba, *s.m.* see bàs.

bà, *gen. sing.* and *n. & dat. pl.* of bó. An àite guth mànaich bithidh geum bà, *instead of the voice of a monk there shall be the lowing of cows.*

†ba'an, *v.* see buain.

†oa'ain, *s.f.* The cleansing of a cow after calving. 2‡‡Matrix of a cow.

bàn,** *s.m.* Babe.

bab,‡‡ *-a, pl* -an, & annan. *s.m.* Tuft, tassel. 2* Child's excrement. 3AG Stain. Bithidh sin 'n a bhab air fhad 's is beò e, *that will be a stain on him as long as he lives*; b ab air a ch iù, *a stain on his fame*.

babacn,* *a.* Filthy, abominable. 2‡‡Tufted, tasselled.

†bàbach. *a.* Sweet, innocent.

†-———d, *s. f.* Sweetness, innocence.

babachd. *s. f.* Filthiness, abomination.

babag, -aig, -an, *s f.* Tassel. 2 Fringe. 3 Cluster. 4**Short pieces of yarn. 5*Filthy female. 6††Broom, besom. Babagan an òir, *golden tassels*.

babagach, -aiche, *a.* Tasselled, fringed.

babaid,‡‡ -e, -ean, s e babag.

———each, see babagach.

babaig, *gen. sing.* of babag.

†babau, -ain, -an, *s.m.* baby.

baoan, -ain, *s. f.* see babag. 2 *n. pl.* of bab.

baban,* -ain, *s.m.* Bobbin.

———ach, *a.* see babagach.

†babhachd, *s. f. ind.* Innocence, childishness, sweetness.

babhaid, *s.f.* Tassel.

———eacn, *a.* Hung with tassels, like a tassel.

†babhair, (*for* bha) see bi.

babhd,* *s.m.* Surmise, rumour. 2††Quirk.

———ach,* *a.* Spreading a surmise or rumour.

———air,* *s.m.* Surmiser.—*Islay.*

———aireachd, *s. f.* *Spreading rumours. 2 Puzzlement of mind. Dh'fhalbh mi 's a' *bh.* feadh a' bhaile. *I wandered round the town in great puzzlement of mind.*

babhsgach, see babhsganta.

babhsga re, see ballsgaire.

babhsganta, *a.* Cowardly, apt to be frightened. 2 Blustering.

———chd, *s. f.* Cowardice, fright from false alarm.

bàbhuin, *gen. sing.* of bàbhun.

———each, see bàbhunach.

bàbhun, -uin, *pl.* -uin & -uinean, *s.m.* Bulwark, rampart. 2 Tower. 3 Enclosure. 4 Fold where cattle are milked. Brisidh iad a bà huin, *they shall break her bulwarks*; thugaibh fainear a bàbhuin bhrèagha, *mark ye her beautiful bulwarks.*

———ach, *a.* Having bulwarks, ramparts, &c., of, or pertaining to bulwarks &c.

——— -cabhaig, *s.m.* Fortification hastily constructed.

†bablair, Gaelic spelling of *babbler*.

†bac,** *s.m.* Boat.

bac. *pr.part.* a' bacadh. & bacail, *v.a.* Interrupt, hinder, obstruct, oppose. stop, prevent. 2 Lame. Bac an aoibhneas, *interrupt their joy.*

bac, -a & -aic, *pl.* -an, *s.m.* Stop, hinderance, restraint, delay, interruption. impediment. 2 Hollow, pit, bend in the ground. 3 Thowl or pin in a boat's gunwale, ‡‡fulcrum of an oar. 4‡‡Piece of timber on boat's gunwale to protect it from the friction of the oars. 5 Notch of a spindle. 6 Crook. 7 Hook. 8 Hinge of a door. 9 †AF)Hog. pig. 10‡‡Bog marsh. 11‡‡Prop, support. 12‡‡Spade, shove 13**Barricade. 14 Sandbank.—*Coll.* 15 Hollow. Cuir bac air, *hinder him*; cogull ràmh air na bacaibh, *the rattle of oars on the thowls*; bac na h-achlaise, *the arm-pit*; bac na righe, *the bend of the arm*; bac na h-iosgaid, *the hough*; bac na cruachainn, *the haunch.*

bacach, -aiche. *a.* Lame, crippled, maimed. 2 Rugged. 3**Causing hinderance or delay. 4 Hilly. Duine b., *a lame man*; b. air aon chois, *lame on one leg*; o air a dhà chois, *lame on both his legs*; à te b., *a rugged place.*

———, -aich, *s.m.* Lame person.

bacadh. -aidh, -aidheau *s.m.* Hinderance, obstruction, delay, act of hindering or preventing. 2**Cow dung. A' b—, *pr.pt.* of bac.

bacag, -aig, -an, *s.f.* Little hollow. 2 Trip, fall, stumble. Cuir cas bacaig air, *trip him.*

bacaich, *v.a.* Lame. 2 Stop, obstruct, oppose.

———e, *s. f.* Lameness. 2 Imperfection.

———e, *comp.* of bacach.

———ead, -eid, *s.n.* Degree of lameness. Tha e dol am b., *he is getting lamer and lamer.*

———idh, *fut. aff. a.* of bacaich.

bacaid, *s.f.* see bucaid. 2‡‡Ash holder.

bacaideach, *a.* Resisting.

bacaidh, *fut. aff. a.* of bac.

bacail, -e, *a.* Obstructive, preclusive.

bacail,†† *pr. pt.* of bac.

†bacaisesch, *a.* Hindering, obstructive.

bacal, -ail, -aian, *s.m.* Obstacle, stop, hinderance, interruption. 2** Thowl. †3 *rarely* slave, prisoner.

bacaladh, -aidh, *s.m.* Oven, bakehouse.

†bacalta, *a.* Baked.

bac-amail, *v.a.* Counteract.

bacan, -ain, *s.m.* ‡‡Hinderance. 2 Spindle notch. 3 Crook, crooked staff. 4 Hook. 5 Door-hinge. 6 Stake of any kind, *especially* a tether-stake. 7 Knoll. 8 Covering. 9 Cottage. 13 Balcony. An smeòrach air *b.*, *the mavis (perched) on a stake.*

bàcan,(AG) *pr. pt.* Mocking. Tha e a' *b.* air, *he is mocking him.—Arg country.*
bacanach, *a.* Full of stakes. 2** Like a palisade. 3 Knotty. 4 Knotty, uneven.
bacan-doruis, *s.m.* Door-hinge.
bacar, *fut. aff. pass.* of bac.
bacas,** -ais, *s.m.* Captive, hostage.
†bacastair, Gaelic spelling of *baxter*, an old form of *baker*.
†————eachd, *s.f.ind.* Baking.
†bacat, *s.m.* Captive.
bac-bhord, -uird, *s.m.* Windward or weather side of a ship.
†bacclam,‖ "Lame-handed" person.
bach, -a, *s.m.* Drunkenness, revelling, rioting.
†bach, *v.a.* Make drunk, revel.
†bàch, *a.* see baidheach.
†bach, *s.m.* Breach. 2 Violent attack. 3 Surprise. 4**Loving.
†bachaad, *s.f.* Boss of a shield
bachadh,** *v.a.* Clip round, trim.
bachair, -ean, *s.m.* Drunkard, reveller, rioter.
ba hairreachd, *s.f. ind.* Drinking, revelling, rioting.
bachal,‡‡ -ail, *s.m.* Curl.
bachall, -aill, *s.m.* Shepherd's crook. 2 Staff. 3 Crozier. 4* Old shoe *or* slipper. 5 Rim of a cart. 6 Tennis-racket. *B.* aogmaire, *a shepherd's staff*; *b.* sealgair, *a hunter's staff*. By virtue of an ancient grant from an Earl of Argyll, a piece of land in the island of Lismore was held on condition that the holder kept and took care of the crozier of St. Maluag, from whom its church is named. Hence the holder is known as Baran a' Bhachaill.
bachallach,** *a.* Like a staff, crook, or crozier. 2 Relating to a staff, crook, or crozier. 3 Provided with a rim, as a cart. 4 Curled, as hair. 5 Having ringlets.
bachanta, *a.* Clamorous, prating, garrulous.
bachantachd, *s.f.* Clamorousness, garrulity.
bàchar, *s.m.* Beech mast. 2 Acorn.
bachar, *s.m.* Celtic nard *or* lady's glove (plant) *—valeriana celtica.*
bàcharan, -ain, see buacharan.
bachd, see bac.
bachdach, see bacach.
bachdaiche, see bacaiche.
bachdan, see bacan.
bachdanach,** *a.* Noisy, tumultuous, contentious.
bachlach, -aiche, *a.* Curled, having ringlets, full of curls. 2**Bushy, as hair, crispy. 3 Throwing out twigs or shoots.
bachlach,** -aich, *s.m.* Cudweller.
bachlachadh, -aidh, *s.m.* Crisping, curling, act of forming ringlets or curls.
†bachladh, *s.m.* Armful. 2 Cup, chalice. 3 Head of a stick.
bachlag, -aig, -an, *s.f.* Shoot, as of a plant, especially potato. 2 Tender root. 3 Little curl. 4 Head of a staff. †5 Lisp or halt in speech.
bachlagach, -aiche, *a.* Curled, having curls or ringlets, full of curls or ringlets. 2 Like a curl or ringlet. 3 Bushy, as hair. 4 Crisp. 5††Having shoots, as a plant. Falt *b.*, dualach, *curled luxuriant hair.*
bachlaich, *v.a.* Curl, form into curls or ringlets.
†bach-lobhra,‡‡ *s.f.pl.* Pimples on the face.
bachoid, see bacaid.
bachoil, -e, *a.* Bacchanalian.
bach-thinneas,‖ *s.m.* Sickness after drunkenness. 2**Surfeit.
bach-thurm, *s.f.* } Noise of revelry or of
bach-thurman, *s.m.* } drunkenness.
bachuil, see bachall.
bachullach, see bachallach.
bac-làmhach, *s.m.* Manacle, hand-cuff.
bac-làmhach, *a.* Disabled in hand or arm. 2 Preventing the free use of one's hand or arm.
bac-mòine,‡ *s.m.* Peat-bank, turf-pit or bank.
bàd, (*for* b'iad) It was they.
bad, *v.a.* Make into tufts or bunches. 2 Separate, divide into small heaps. 3 Prune.
bàd,** -aid, see bàt.
bad, -aid, -a, *s.m.* Tuft, cluster, bunch. 2 Top cluster, hair on the upper part of the head. 3 Tuft of wool. 4 Thicket, clump of trees or shrubs. 5 Grove. 6 Flock. 7 Ragged garment. 8 Plain. 9 Spot. 10**Wish. 11 Piece, portion. Bad fuilt, *a tuft or hair*; *b.* chaorach, *a flock of sheep*; ann am badaibh nam bonn, *immediately* (*lit.* in the impression of the soles of the feet); ann am badaibh a chéile, *seizing each other's scalp-locks (probably a survival of ancient war customs.)*
†bàd, *s.f.* Wind.
badach, -aiche, *a.* Same meanings as badanach.
badag, -aig, -an, *s.f.* Small bunch, cluster or tuft. 2 Grove, &c. 3(AH) Besom, generally of heather. *B.* fhraoich, *a heather brush.*
badag lus,* *s.f.* Anthology.
bad-dan, (AC) *s.* Water-vole.
badan, *n.pl.* of bad.
badan, -ain, *s.m.* (*dim.* of bad) Small cluster or tuft. 2 Little grove, &c. *B.* coille, *a little wood, clump or grove*; gheàrr e na badain, *he cut down the thickets.*
badanach, -aiche, *a.* Abounding in groves. 2 Tufty, tufted. 3 Bushy, clustered. 4 Shaggy. 5 Like, or pertaining to, thickets, groves, &c. An sòbhrach a chinneas *b.*, *the primrose that grows in tufts.*
badan-dlùth, -ain-, *s.m.* Covert.
badan-measgain,§ *s.m.* Bog violet. [see mothan.]
†badar, *v.* They were.
badh(AF, *s.m.* Vulture. 2 Royston crow. 3 Any ravenous bird.
bàdh, -àidh, -annan, *s.m.* see bàgh.
bà h, *s.f.* see bàidh.
bàdhach, -aiche, *a.* Kind, friendly, loving.
bàdhachd, *s.f.* Kindness, friendliness. 2 Obligatoriness.
badhal, -ail, -an, *s.m.* Wandering. Cu badhail, *a strange dog*; aithneachadh bó badhail, no fàint' a' chruidh, *the wandering cow's welcome, or the kine's salute.*
badhalach, -aiche, *a.* Wandering, given to wander.
bàdhan, see bàbhun. 2 see bàghan.
bàdhar, see bàthar.
badhar, -air,*s.f.* After-birth of a cow at calving, placenta of a cow.
bàdharan, -ain, -an, Helpless wanderer. 2 Unimportant, puny person. 3‡‡ Helpless wandering.
bàdharanaich, *s.f.* Creeping or moving slowly.
badhsgach, -aiche, *a.* Easily frightened, foolish.
badhsgaire, -an, *s.m.* Foolish inconsistent fellow. 2 Blusterer. 3‡‡Coward.
badhsgaireachd, *s.f.* Inconsistency. 2 Folly. 3 Nonsensical talking, blustering. 4‡‡Cowardice.
badsadh,** -aidh, *s.m.* Provision for a journey.
bag, (Eng. bag.)
bagach, -aiche, *a.* Corpulent bulky, bellying, unwieldy. 2**Warlike. 3‡‡Tight, neat.
bagaich, *v.a.* & *n.* Make bellied or corpulent. 2 Become corpulent
bagaiche, *comp.* of bagach.
baga chear, *n.pl.* of bag.
bagaid, -e, -ean, *s.f.* Cluster, bunch, as of nuts

or grapes. 2‡‡Cod, husk. 3‡‡Crowd. 4* Corpulent female. Bagaidean searbha, *sour clusters.*

bagaideach, *a.* Full of clusters. 2 In bunches. 3 Corpulent, overgrown, unshapely. 4‡‡ Husky.

bagaideachd,‡‡ *s. f.* Bunchiness.

bagaidean, *n pl.* of bagaid.

bagailt, see bagaid. Bagailt chnò bu taine plaosg, *a cluster of thinnest shelled nuts.*

bagailteach, *a.* see bagaideach.

bagair, *pr. pt.* a' bagairt & bagradh, *v.a.* Threaten, denounce evil, terrify. [This verb is generally followed by the prep. *air*, as, bagramaid orra, *let us threaten them.*

bagair, -ean, *s. m.* Glutton, epicure. 2* Corpulent man.

bagaireachd, *s. f.* Gluttony. 2 Threatening.

bagairt, *s. f.* Threat, threatening. 2 Denouncing. Cha téid plàsd air *b.*, *no plaster is applied to a threat.* A' b—, *pr. pt.* of bagair. Tha e 'bagairt an uisge, *it threatens rain* ; a' *b.* oirnn, *threatening us* ; a' bagairt sgàinidh, *threatening to burst.*

bagairteachd,** *s. f.* Menace.

†bagaist, *s. f.* Gaelic form of *baggage.* 2** see bagaid.

bagaisteach, *a.* Deriv. of Eng. *baggage.* 2** see bagaideach.

bagan, see baigean.

baganta, *a.* Warlike. 2 Plump, corpulent. 3 Neat, tidy. 4 Lively. An dreathan *b.*, *the plump wren.*

bagantachd,* *s. f.* Corpulency.

bagar, -air, -ain, *s.m.* Threat.

bagaradh, see bagradh.

bagarrach, see bagrach.

bagarrach, -aich, *s.m.* Threatener.

bagarrachd, *s. f.* Threatening, habit of threatening.

bàgh, -àigh, -an, *s.m.* Bay. 2 Harbour. 3 Creek. 4 Estuary.

bàgh, *s. f.* see bàidh.

†bagh,‡‡ *s.m.* Promise, bond, tie. 2 Strength, power, virtue. 3 Word. 4 Battle.

bàghach, *a.* Abounding in, or pertaining to, bays, harbours, creeks, or estuaries. 2 see bàdhach. 3 Binding, obligatory.

bàghachd, see bàdhachd.

†baghadh,** -aidh, *s.m.* Fighting, quarrelling.

baghair, -ean, *s.m.* see baoghaire & baodhaire.

bà-ghamhna, see bò-g—.

bàghan, -ain, *s.m.* Little harbour. 2 Creek. 3 Road for ships.

bàghan,-ain, *s m.* see bàbhun. 2 Church-yard.

baghan,‡ -ain, *s.m.* Stomach.

baghlach, see †baoghalach.

baghlachd, see baoghalachd.

baghte,** *s.* Bait.

bagrach, *a.* Threatening, menacious, prone to threaten. 2**Imminent. Is i an Aoine bhagrach a ni 'n Sathurna deurach, *the gloomy Friday makes the rainy Saturday.*

bagradh, aidh, *s. m.* Threatening, menacing, denouncing. A' b—, *pr. pt.* of bagair.

baguid, see bagaid.

baguideach, *a.* see bagaideach.

baguilte, -an, *s.m.* see bagaid.

baibeil,-e, *a.* Addicted to fables, lying. 2‡‡ Stammering. 3* see baibheil.

baibeulachd, *s. f.* Habit of lying. 2‡‡Silly talk.

baibh,* *s.m.* Terrible sight. 2 Incredible thing. 3 Fairy. 4 Goblin.

baibhealachd,* *s. f.* Enormity, exaggeration, terribleness.

baibheil,* -e, *a.* Incredible, enormous, exaggerated, terrible. Pris *bh.*, *an exorbitant price.*

baibheist,(AF) *s. f.* Toad.

baibleach,** *a.* Profuse.

baibleachd,** *s. f.* Profuseness.

†baic, -e, *s. f.* Turn, twist.

baic, *gen. sing.* of bac.

†——each, *a.* Twisted, having turns.

†baic-bheurla, *s. f.* Solecism, impropriety in language.

bàich, see bàthaich.

baic-labhradh, see baic-bheurla.

†baid, *s.m.* Sage, prophet, philosopher.

baideal, -eil, -an, *s.m.* Pillar. 2 Fortress. 3 Tower. 4 Cloud. 5 Ensign, standard. *B.* neóil, *a pillar of cloud* ; mo *bh.* àrd, *my high tower.*

baidealach, -aiche, *a.* Abounding in, or pertaining to, pillars, towers, or fortresses. 2‡‡ Cloudy. 3‡‡Sheeted, like clouds or sails. 4 Bannered. Na siùil *bh.*, *the expansive sails.*

baidean, -ein, -anan, *s.m.* Group. 2 Handful. 3 Small flock of sheep or goats. 4** Little boat, yawl, pinnace.

baideanach,†† *a.* Abounding in small flocks of goats or sheep.

baideil, *gen. sing.* of baideal.

bàidh, -e, *s. f.* Kindness, benignity, humanity, mercy. 2 Hospitality. 3 Affection, love, attachment, fondness. 4‡ Wave. Dh'fheòraich i le *b.*, *she enquired affectionately;* is mór a *bh.* ris, *great is his partiality for him* ; shéid osnadh gun *bh.*, *a wind blew without mercy* ; ceann-uidhe nam mìle *b.*, *the abiding-place of boundless hospitality.*

†bàidhe, *s. f.* Amity, alliance, gratitude. 2 Compassion. 3 Predicting, prophesying.

bàidheach, *s.m.* Companion, co-adjutor. 2 Favonrite. 3 Champion.

bàidheach, -eiche, *a.* Friendly, kind, merciful, loving, attached. 2 Humane, hospitable, noble.

bàidheachas, -ais, *s.m.* Grace, friendship, favour, kindness. 2 Humanity.

†bàidheal,** -eil, *s.m.* Cow-stall.

bàidheachd, } *s. f.* Friendliness, kindness,
bàidhealachd, } humanity, mercy. 2 Fondness, affection. 3**Hospitality. 4**Companionship.

bàidheil, *a.* Merciful, kind, humane. 2 Friendly, affectionate, loving. attached. 3 Favourable. †4 Binding, obligatory. Cha bhi thu *b.*, *thou shalt not be favourable.*

baidne, *gen. sing.* of baidein.

baidein, -dne, -dnean, *s.m.* Small group, cluster or flock. [see baidean.]

baidreach,* *a.* see baidreagach.

baidreach,* -ich, *s.m.* see baidreag.

baidreag, -eig, -an, *s. f.* Patched ragged garment, rag.

baidreagach, *a.* Ragged, patched.

baidse, *s.m.* Musician's fee, especially at a country wedding. 2 Voyage. 3 Enormous load or cargo.—*West Highlands.*

baidsear,** *s.m.* Day-labourer.

bàidsire,* *s.m.* Voyager, adventurer.

bàidsireachd,* *s. f. ind.* Adventuring, cruising, sea-faring life.

baigean, -ein, *s.m.* Little bag. 2 Little glutton. 3 Little corpulent person. *B.* leàsaiche, *a rennet bag.*

baigeanach, *a.* Corpulent, bagged, bellied.

baigeir, -ean, Gaelic spelling of *beggar.* Peilear nam baigearan, *a pebble,* (*lit.* the beggar's bullet.)

baigeireach, *a.* (*beggar*) Inclined to beg, needy, beggarly.

baigeireachd, (*beggar*) *s. f.* Beggary. Air *b.*,

engaged in beggary.
†bàigh,** *v.a.* Endear.
bàigh, *s.f.* see bàidh.
bàigheach, *a. & s.* see bàidheach, *a. & s.*
baigheil, *a.* see bàidheil.
†baighein, *s.f.* Chariot, waggon, dray.
†baighle, *s.f.* Fawn.
bail, -e, *s.f.* Economy, thrift, management. carefulness. †2 Place, residence. †3 Luck, prosperity. †4 Allowance from a mill to the poor. 5‡‡Sling. Cha bhi bail air aran fuinte, *baked bread is not spared* ; am fear nach dean *b.* air beul a' bhaile, ni an t-iochdar *b.* air féin, *if you don't spare the mouth of the bag, the bottom will spare itself.*—N.G.P.
†bàil, see bàill.
bail-bh, *gen sing.* of balbh.
bailbhe, *s.f.* Dumbness, muteness.
bailbheachd, see bailbhe & balbhachd.
bailbheag, -eig -an, see meil bheag.
————ach, *a.* see meilbheagach.
†bailc, *a.* Strong, bold, daring.
bailc, -e, -ean, *s.f.* Balk, ridge of earth between two furrows. 2 Land-mark. 3 Strip of corn-land left fallow (see under "leumloichd) 4‡‡Crust or hardness formed on the earth by the weather. 5 Flood, mountain torrent, "spate." 6 Seasonable rain, genial showers. 7 Shower that comes suddenly, ††plump of rain. 8**Loud noise. 9**Ligature. 10††Defiance. 11‡‡Strait, hard-ship. 12†† Calf of the leg. 13(AH) Twisted or misshapen foot or ankle. *B.* nan sgiath, *the noise of the shields.*
bailceach, -eich, *s.m.* Tall, erect man, stout man. 2‡‡ *s. f.* Storm.
bailceach, *a.* Rainy, inundating, causing a flood. 2 Inconsiderable showers. 3 Balked, like a balk. 4††Stout, strong. 5‡‡Ridgy. A' Bhealltainn *bh., rainy May.*
bailceanta, *a.* Defying, boastful. 2††Stout, strong.
bailcire,(AH) *s.m.* Man with a mis-shapen foot or ankle.
baile, -tean, *s.m.* Village, hamlet, town. 2 Home. 3 Farm. †5‡‡Clan, tribe. Am bheil t' athair aig baile ? *is your father at home ?* an bail' ud thall, *yonder town* ; fear a' bhaile, *the proprietor* or *tenant of the farm ;* tha buil' aige, *he has a whole farm.*
baileach, -eiche, *a.* Thrifty, economical, frugal, careful. 2 Excessive. 3 Thorough, complete. Gu *b.*, *wholly, completely, thoroughly.* [see buileach.
————adh, *s.m.* see buileachadh.
bàileag,(AG) *s.f.* Ball, as of yarn. *B.* snàtha, *a ball of worsted.*
baile-daingnichte,‡‡ *s.m.* Fortified town.
—— -dùthcha,‡‡ *s.m.* Country town.
—— fearainn,‡‡ *s.m.* Farm.
—— -geamhraidh, *s.m.* Infield, the low grounds of a Highland farm. 2‡‡ Strath residence.
—— -malairt, *s.m.* Exchange.
—— -margaidh, *s.m.* Market town. 2 Burgh.
—— mór, *pl.* bailtean móra, *s.m.* City, large town. 2 Metropolis.
†baileoz, -oig, -an, see bailleag.
—— puirt, -tean-, *s.m.* Seaport town.
bailgeann, see bailg-fhionn.
bailg-fhionn, *a.* Spotted, speckled, piebald. 2 White-bellied. Na gabhair *bh.*, *the speckled goats.*
bailgneach, (AC) *a* White-bellied. Le laoigh bhreaca bhailgneach, *with speckled white-bellied calves.*
bailich, *v.a.* see builich. 2 Use badly.—*Suth'd.*
†bàilich, see boilich.
bàilidh, see bàillidh.
————eachd, see bàillidheachd.
†bailire, *s.m.* Slinger.
bailisdeir, -e, -ean, *s.m.* Vain-glorious fellow. 2 Man who talks idly, blusterer, babbler.
————each, *a.* Vaunting. 2 Inclined to talk idly, blustering, babbling.
————eachd, *s.f.* Habit of talking idly, foolishly or blusteringly.
b'àill. (*or* bu àill) Would. B'àill leam, leat, leis, &c., *I, thou, he, &c. would* ; am b'àill leat mo mharbhadh ? *wouldst thou kill me ?* cio l a b'àill leibh ? *what would you have ?* "B'àill leich ?" (*a slovenly pronunciation of the last*) is often used as an equivalent of *I beg your pardon ?* when one speaker has not understood a remark made by another and wishes it repeated.
bailleag, -eig, -an, *s. f.* Twig, sprout. 2 Sucker.
————ach, -aiche, *a.* Full of, or like, sprouts, twigs, or suckers. 5 Slender. 3 Pliable. 4‡‡ Cheerful, lively.
†baillean, -ein, *s.m.* Boss, stud. 2 Little bubble. 3 Anything round.
†————ach, *a.* Bossy, studded.
bailleartach, -aiche, *a.* see pailleartach.
bàillidh, *s.m.* Magistrate, "baillie," bailiff.
————neachd, *s. f.* Office of a town or country magistrate. 2 Bailiwick, province, district.
baillsgeach, see boillsgeach.
bailm,** *s.f.* Balm, balsam.
bailmeach,** *a.* Balmy, abounding in, or made of balm, balsamic.
bailmeanta,** *a.* see bailmeach.
bailt,** Gaelic spelling of *belt.* 2 *gen.* of balt.
bailte, *s. pl.* of baile.
bailteach,** *a.* Abounding in, or belonging to, towns or villages, civic.
————as, -ais, *s.m.* Planting or founding towns 2 Colonization. 3 Country township.
bailteachas mór,‡‡ *s.m.* Affected state, pride, haughtiness.
bailtean, *n. pl.* of baile.
bàin, *gen. sing.* of bàn.
bainbh, *s.m.* Young pig.
bainbh, *pr. part.* a' bainbheachd, *v.a.* Pig.
————idheachd,** *contr.* bainnheachd) *s.f.* Piggishness. 2 Pigging, furrowing. A' b—, *pr. pt.* of bainbh. Tha a' mhuc a' teannadh ri *b.*, *the sow is about pigging.*
bainbhinn,** *s. f.* Suckling pig.
†bàinchead, *v.a.* Authorize.
†————,** *s. f.* Authority, license.
†————ach,** *a.* Authorizing. licensing.
†————aichte,** *pt. part.* Authorized, licensed.
baind achd, *s.f.* Female modesty, bashfulness, reserve, delicacy. Effeminacy.
baindeala'ach ** *a.* Drizzly.
bain-dearg,‡‡ *a.* Flesh-coloured.
bain-dia, see ban-dia.
baindidh, -e, *a.* Modest, feminine. 2 Effeminate. 3 Unassuming.
————eachd, see baindeachd.
bàine, *s.f.* Paleness, whiteness. fairness. A' sioladh a *bh.*, *concealing his whiteness.*
bàine, *comp.* of bàn.
baineach, (AF) *s.f.* Mare.
†baineachd, *s.f.* Woman slaughter.
bàineal, *s.* Degree of whiteness or fairness.
†baineamhuil, *a.* see banail.
baineasag, see baineasg.
baineasg, -eisg, *s. f.* (‡bàn+neas, *white weasel*) She-ferret.
————ach, *a.* Like a ferret, abounding in, or pertaining to, ferrets.
bainfheis, see bainais.

†bainfhirinsge, *s.f.* (ban+firionn) Common gender.
†bainfhreagradh, *s.m.* see bainn-fhreagradh.
†bainfid, (buinidh iad) They shall take.
†baing, *adv.* On a sudden.
†——, -ean, *s.f.* Surprise, sudden attack.
†————hearachd, *s.f.* Goddess.
bàinidh, *s.f.* Fury, madness, rage. Tha e air *b.*, *he is raging, quite furious.*
bainionn, *a.* see boirionn. Na gabhair *b.*, *the she-goats.*
————ach, see boirionnach.
————achd, see boirionnachd.
————as, see boirionnas.
bainionta, *a.* see boireanta.
bainis, -e, *pl.* bainnsean, see banais.
bainisg, -ean, *s.f.* Little old woman. 2 Female satirist. 3(AC) Singing naiad.
————eag, -eig, -eagan, *dimin.* of bainisg.
————eil, *a.* Like an old woman.
bàin-leus, see bàn-leus.
bain-lighiche, -ean. *s.f.* see ban-lighiche.
bainndidh, see baindidh.
bainne, *s.m.* Milk, milky juice. †2 see boinne. Bò-*bh.*, *a milch-cow*; crodh-*b.* *milch-cattle*; camhail-*bh.*, *milch-camels.*
bainne asal, *asses' milk.*
—— blàth, *warm* or *fresh milk.*
—— binntichte, *curdled milk.*
—— briste, " "
—— buaile, *fold-milk.*
—— buidhe, *milk yielded by a cow during first two days after calving.*
—— chapull, *mare's milk, kumiss.*
—— cnàmha, *fermentation of fresh and butter-milk, frothed with the* loinid *or frothing-stick.*
—— chaorach, *sheep's milk.*
—— gamhnaich, *milk of a farrow cow(one with a year-old calf and still being milked.)*
see also below.
—— ghobhar, *goat's milk.*
—— goirt, *sour milk 2 Butter-milk—Argyll &c.*, (*better* blàthaich.)
—— lom, *skimmed milk.*
—— maistridh, *whipped cream or milk, frothed with the* loinid.
—— milis, *sweet milk.*
—— muidhe,** *butter-milk.*
—— na ciche, *milk of the breast.*
—— na cìpe, *the milky juice of the mountain herb.*
—— nòis, *beastings.*
—— reamhar,‡‡ *sheep's milk boiled and curated.*
—— tàig, (*for* boinne t—) *rain-drop.*
—— ùr, *fresh milk.*
bainneach, -eiche, *a.* Milky, lacteal, like milk. 2 Milk-producing, abounding in milk. A' Bhealltuinn *bh.*, *milk-producing May.*
————as, *s.f.* Milkiness.
†bainnealach, -aich, see boinnealach.
bainnear, *a.* Milky, abounding in milk.
————,* *s.f.* Fold for milking sheep &c. *Lewis*
————achd,** *s.f.* Milkiness.
————daich.* see boinnealaich.
bainneasag,** see baineasg.
bainne-gamhnaich,‡ *s.m.* (*lit.* the yearling's milk—signifying the scanty results yielded by sucking it) Red rattle in the Highlands, honeysuckle in Ireland. see uilleann *and* lus riabhach.
bainne-ghabhair,‡ *s.m.* Lousewort, red rattle. see lus riabhach.
bainn-fhreagradh, -aidh. *s.m.* Boud. 2 Stipulation.
bainnse, *gen. sing.* of banais.
bainnseach,‡‡ *a.* Full of weddings. 2 Retired, desolate.
†————,** *s.f.* Field, sheep-walk, plain, solitary place.
————d, *s.f.* Feasting, banquetting.
†bainnseaghadh, *s.m.* Desolation, destruction.
bainnsean, *n. pl.* of banais.
bainnsich, *v.a.* Waste, consume.
bain-speireag, -eig, -an, *s.f.* Female sparrow-hawk.
————ach, *a.* Like, or pertaining to sparrow-hawks.
bain-stiùbhard, -aird, *s.f.* see ban-s—.
————achd, *s.f. ind.* see ban-s—.
bainteag,(AF) *s.f.* Small clam (fish.)
†bain-teoladh,‡‡ *s.f.* Female thief or secret criminal.
baintighearna, -an, *s.f.* Lady. 2 Wife of a baronet or knight. 3 Gentlewoman.
baintighearna hd, *s.f.* Ladyship.
baintighearnas, -ais, *s.m.* Ladyship. 2 Rule or sway of a lady. Tha e fo *bh.*, *he is under petticoat government.*
bain-treabhach, see bantrach.
bain-treabhachas, -ais, *s.m.* see bantrachas.
baintreach, see bantrach.
baintreachas, see bantrachas.
bàir, -e, *s.f.* †Battle, strife. 2 Game, goal. 3 Path, road. Beaten path, commonly applied to one opened through deep snow, hence, fear brisidh bàire, applied to a chieftain or leader in an arduous enterprise.‡‡ 4(AC) Rutting. 5‡‡Wheat. Chuir iad leth-bhàire shuas agus leth-bhàire shios a staigh orra, *they beat them first before changing goals and then after.—Campbell's Tales.* Air màgh na bàire, *on the plain of battle*; rànig iad a' *bh.*, *they reached the goal*; bhuidhinn iad *b.*, *they won a game.*
†bair, *s.f.* Wave. 2 The sea.
baircean, -ein, *s.m.* Ferret.
baircean, *s. pl.* Cross-sticks or side timbers in a house, between the rafters.
†bairche, *a.* Strong, brave.—*s.m.* Battle.
†bairchne, *s.m.* Fight by women.
†baircin, *s.f.* see baircean.
baircinn, *s.pl.* see baircean.
bairene,(AF) *s.f.* Female cat. 2 White cat.
bàird, *gen. sing.* & *n. pl.* of bàrd.
†bairdheis,** *s.f.* Point, tip, or end of any sharp instrument.
————, *v.n.* Sharpen to a point.
baireachd,(AC) *s.f.* Quarrelling, wrangling.
†bairead, now biorraid.
bàireadh, -eidh, see bàir.
†bair-eatrom, *a.* Light-headed. 2 Quick, nimble, swift.
†baireise, *s.m.* Froth of water.
bairgeanta, *a.* Strong, stout, sturdy. 2 Swift.
†bairghean,** -ein, *s.m.* Cake. 2 Floor. 3 Plot of ground.
†bair-ghin,** *s.m.* Begotten son.
†————teach, *a.* Begetting sons. —*s.f.* Woman that begets sons.
†bairicean,** -ein, *s.m.* see baircean.
bàirich,** *pr. part.* a' bàirich, & a' bàirich-eadh, *v. a.* Low, bellow, roar.
————, *s.f. ind.* Lowing, bellowing, roaring of cattle. Ciod a' *bh.* a th'ort ? *what are you bellowing at ?*
————eadh,** -eidh, *s.m.* Lowing, bellowing, continued lowing or bellowing.
————idh, *fut. aff. a.* of bàirich.
bàirig, *pr. part.* -eadh, *v.a.* Bestow, confer, grant, present, endow.
——eadh, -eidh. *s.m.* Bestowing, conferring. A' b—, *pr. part.* of bàirig.

†bairighean, *s.m.* Floor, flat of ground.
†bairile, *s. f.* Helmet.
bairill, see baraill.
†bairin breac,‡‡ *s.m.* Small cake offered to the moon at the autumnal equinox.
†bairiun, *s.f.* Firebrand.
bàirisg, *s.* Fool.
bàirleigeadh, -eidh, -leigean, see bàrnaigeadh.
bàirlinn, *s. f.* Warning, summons of removal. 2 Rolling wave or sea, high sea, surge, billow. 3(AH) Water flung back from an oar in hard rowing.
————ach, *a.* Summoning, warning to quit. 2 Rolling, as a high sea. 3 Billowy.
————ich, *v.a.* Serve with summons of removal.
†bàirn, *v.a.* Judge. 2**Assure, warrant.
bàirneach, -ich, *s. f.* Limpet. Cha'n fhaighinn òrd air bàirnich air, *he was too many for me;* b'e sin cead 'iarraidh òrd a bhualadh air bàirnich, *requesting permission to do something that no man can prevent, such as eating, breathing, &c.*
†bàirneach, *a.* Perverse. 2 Obstinate. 3 Filial.
bàirneachd, *s. f.* Judging. 2 Judgment, decision at law. 3 Perverseness. 4 Fretfulness.
bàirneag-cathan,(AF) *s.f.* Barnacle. limpet.—*Arran.*
†bàirnich, *v a.* Fret. 2 Judge.
†bairridh-bhuaghbhail, *s. f.* Sounding horn.
†bairrin, *s.m.* Mitre.
bàirseach, -sich, -sichean, *s.f.* Scold, shrew.
————d, *s. f.* Scolding, raillery. 2 Satire.
bàirseag, -eig, -an, *s.f.* (*dim.* of bàrseach.) Young scold. 2 Young shrew. 3**Top of the windpipe.
bàirsich, *v.a.* Scold, rail. 2 Satirize, lampoon
†bais, *s. f.* Water.
bais, *gen. sing.* of bas.
bàis, *gen. sing.* of bàs. 2 see bathais.
†baisc, *a.* Round.
baisceall, -ill, *s.m.* Wild, ungovernable person. 2**Mad person. 3**Attempter.
baisceanta, see basganta.
baiscnaile, *s.f.* Riddle, red earth.
baischriadh, ,, ,,
baiscmheall, -eill, *s.m.* Ball. 2 Round mass.
baisd, see baist.
baisdeadh, see baisteadh.
baiseach, *a.* Having a large palm. 2 Smooth. 3 see baoiseach.
baiseach, -aich, *s.m.* Heavy shower.
————d, *s. f. ind.* Palmistry.
†baiseal, -eil, *s.m.* Pride, arrogance, haughtiness.
baisealach, -aiche, *a.* Proud, arrogant.
†baisfhionn, *a.* Flesh-coloured, reddish.
baisgeanta, *a.* see boillsgeanta.
baisgeil, -e, *a.* see boillsgeil.
baisin, see basaidh.
†baisleach, *s.m.* Ox. 2 Plash of water, heavy rain. 3 Handful of anything. 4 Stone where women were wont to wash.
baist, *v.a.* Baptize. perform the ceremony of baptism. 2‡‡Immerse. plunge in water. 3‡‡ Dilute as strong li quors.
baiste, *pt. pt.* of baist.
————ach, -ich, -iche, *s.m.* Baptist. †2 *s. f.* Rain. Na Baistich, *the Baptists.*
————ach, *a.* Baptismal, of, or pertaining to, baptism.
————achail, *a.* see baisteach, *a.*
————adh, -idh, *s.m.* Baptism, act of baptizing.

16 Bàirneach.

'G a *bh.*, *baptizing him* ; tha e air a *bh.*, *he is baptized* ; uisge beatha gun *bh.*, *whisky unreduced* muilach do bhaistidh, *your forehead* ; òl far fion os cionn do bhaistidh, *wine will be drunk on the occasion of your baptism—said when the chief had an heir born to him.*
baistear, -ean, *s.m.* Baptizer, baptist.
baistiche,** see baisteach, *s.*
baistidh. *fut. aff. a.* of baist.
————, *a.* Baptismal. Amar *b.*, *a baptismal font.*
†baistidhe, *s.m. pl.* Drops from the eaves of a house, rain drops.
bàite. *pt. pt.* of bàth. Drowned. 2 Quenched, extinguished, (*fig.* overwhelmed.) Tha m' anam *b.* gu cràiteach ann am chom, *my soul is overwhelmed grievously within me.*
bàiteach, -ich, *s. f.* Soft marshy ground.
baiteach, -eich, *s.m.* Farmer. 2 Cup. 3 Jug.
baiteal, -eil, *s.m.* Battle. 2 see baideal.
————ach, -aiche, *a.* Battalious. 2 see baidealach.
bàith, -e, *s.f.* Folly. 2 Lure, decoy.
baitheach, see bàthaich.
bai his, see bathais.
baithte, see bàite.
†baitin, *s.m. pl.* (*for* bàtaichean) *pl.* of bàta.
†baitin, -e, -ean, *s.m.dim.* of bata, Small stick.
————cachd, *s. f.* Beating with a stick.
baitsear,** *s.m.* Charman.
bàl,** àil, see ball.
†bal, *s.m.* Lord. 2 The sun. see Beal.
balach, -aich, *s. m.* Clown, peasant of the lower class. 2 Young man, fellow. 3 Sturdy fellow. 4 "Pam" or jack in cards. *B.* na h-aimhreit, *a quarrelsome disorderly fellow.*
balachail, *a.* Clownish, vulgar, clumsy, ungainly. 2 Boyish, puerile.
balachain, *gen. sing.* of balachan.
balachan, -ain, -an, *s m.* Boy. 2 Young boy. 3 Little boy. 4†† Little clown. Maide balachain, *a boy's stick.*
————as, -ais, *s.m.* Boyhood, adolescence, age succeeding childhood.
†balaidh, *s.m.* Fighting. 2 Smell (boladh.)
balagan, see balgam.
†balaighe, *s. f.* Advantage, profit, thrift.
†balaist. *s. f.* Gaelic spelling of *ballast* and *balance.*
balaistich,** *v.a.* (Eng. *ballast*) Ballast.
balanta,** *s.m.* Gaelic spelling of *ballant*, the Scotch form of *ballad.*
balantaiche,** *s.m.* Ballad-singer.
balaoch, see balach.
balardach.** *a.* Gorgeous.
balbh, -ailbhe. *a.* Dumb, mute. 2 Silent,quiet, at peace. Mar uisge *b.* a' ghlinne, *like the silent water of the valley* ; mar *bh.* dhrùchd, *like silent dew* ; air son an duine *bh.*, *for the dumb man* ; èiridh toun air uisge bùibh, *wave will rise on silent water—calm people when stirred may astonish.*
balbhachd, *s. f. ind.* Dumbness, muteness. 2 Silence. Marbh *bh.* na h-oidhche, *the dead silence of night.*
†balbhaich, -aidh, *s.m.* Becoming mute.
balbhag, -aig, -an. *s. f.* Pebble, small stone.
————ach. *a.* Pebbly.
balbhan, -ain, -an, *s.m.* Dumb person. Labhair am *b.*, *the dumb spoke.*
————achd, *s. f.* Dumbness, muteness. 2 Dumb show, communication by mute signs. Ri *b.*, *communicating ideas by mute signs.*
balbh-thinneas, *s.m.* Apoplexy.
balc, -ailc, *s.m.* see bailc.
†——, *a.* see †bailc.
balcach -aiche, *a.* Splay-footed. 2 see bailceach.

balcaiche, *s. f.* Splay-foot. 2 Splay-footedness.
balcanta, *a.* Stout, firm, strong, muscular. Gu *b., firmly, stoutly.*
balc-chasach, *a.* see balcach.
balcmhor, -oire, *a.* Great, corpulent.
balg, builg, *s.m.* Leather bag, budget, wallet, scrip, satchel. 2 Seed of an herb. 3 Boss of a shield. 4 Belly. 5 Womb. 6 Blister on the skin. 7 Air-tube of a cycle. 8 Quiver. 9 Pair of bellows. Séid am balg, *blow the bellows*; á balg na maidne, *from the womb of the morning*; balg ri gréine, *basking*; is labhar na builg fhàs, *noisy are the empty bags*, NGP; arra-bhalg, *an eyelid*—J.M.
†balg,** *s.m.* Man of learning.
balg, *v.a.* see balgaich.
balg-abhrais, *s.m.* Wool-bag. 2 Batch of wool.
balgach, -aiche, *a.* Full of bags or blisters. 2 Like a bag or wallet. 3 Bellied, bulging, jutting. 4 Knobby, massy.
balgach,* *s.f.* Corpulent female. 2 The small pox. 3‖ Boil, bubo. [When having either of meanings 2 or 3, it is preceded by the article *a'*] A' bhalgach Fhrangach, *the French-pox.*
balgaich, *v.a.* Belly out, as a sail. 2 Stow in a bag or satchel. 3 Puff, blister, swell.
balgair, -e, -ean, *s.m.* Fox. 2 *in contempt* Cunning fellow. 3 Dog. 4 Impudent person. 5 Glutton. 6 Big-bellied man. 7(AC) Thief, rogue, robber. 8(AF) Otter. A bhalgair tha thu ann! *fox that thou art!* buail am balach air a charbad is buail am balgair air an tsrôin, *hit the flunkey on the cheek and the dog on the nose*; balgair balaich, *a worthless fellow.*
———each, -eiche, *a.* Currish.
———eachd, *s. f. ind.* Slyness, craftiness. 2 Currishness.
balgairean, *n. pl.* of balgair.
balgam, -aim, *s.m.* Mouthful of any liquid, sip, gulp. *B.* bainne, *a mouthful of milk.*
balgan, -ain, *s.m.* (*dim.* of balg) Little bag, satchel, wallet. 2 Little sack. 3 Little blister. 4 Belly. 5 Calf of the leg. 6 Tubercle. 7 Middle part of the body, waist.
balganach,†† *a.* Belonging to a small bag, blister, calf of the leg, &c.
balgan-beice } see caochag.
———-beiceach,‖ }
———-beucan,* }
———-iongrach, *s.m.* Cyst.
———-losgainn,‖ *s. m.* Truffle, *tuber cibarium* 2 Subterraneous ball-like bodies, something like potatoes, found in Glenlyon.



17. Balgan-losgainn.

———-péiteach, *s.m.* see caochag.
———-séidìdh, *s. m.* Small pair of bellows. 2 see caochag.
———-snàmha, *s.m.* Air-bladder in fishes.
———-suain, ** *s.m.* Sleeping-bag. Chuir iad am balgan-suain fo'n ceann, *they have put the sleepy-bag under their heads* (applied to a person who sleeps too much.)
———-uisge, *s.m.* Water-bubble. 2** Blister full of watery humour.
balg-bannaig, (AC) *s.m.* Bannock-bag. 2 The sacred shrine in which the Host was carried. 3 The bag in which the gifts of Christmas, Easter, and other sacred seasons were placed. It is now used to carry the various kinds of food-stuffs given to carollers at Christmas and the New Year.
balg-ceice,†† *s.m.* Fuzzball, sponge mushroom.
———-bhonn, *s.m.* Pneumatic tyre of a cycle.
———-bhronnach, *a.* Swag-bellied. Balach beag *b., a swag-bellied little churl.*

18. Balg-bhuachair.

balg-bhuachaill, *s.m.* see balg-bhuachair.
balg-bhuachair,‖ builg-, *s.m.* Mushroom—*agaricus campestris.* 2**Toad-stool, "puddock-" stool.
balg-chasach, *a.* Bow-legged, bandy-legged.
balg-dhubh, -uibhe, *a.* Cloudy, dark, gloomy.
balg dubh,§ *s.m.* Large fuzzball. see beach.
balg-iougrach, *s.m.* Abscess
balg-losgainn, builg-, see balgan-losgainn.
balg-meadhoin,‡‡ *s.m.* Waist. belly.
balg-péiteach, *s.m.* Puffball. see caochag.
balg-saignead, see balg-shaighde.
balg-séadadh, *s.m.* Pair of bellows. 2 Puffball, see caochag.
balg-shaighde, *s.m.* Quiver.
balg-shuil, *s. f.* Large prominent eye.
———-each, *a.* Having large, round, prominent eyes,
balg-smùid, *s m.* Puffball, see caochag.
balg-snàmha,†† see balgan-snàmha.
balg-solair, -e, *s.m.* Magazine.
balg-thional, *s m.* Wallet.
balgum, -uim, -an, see balgam.
†oall, *s.m.* Skull.
ball, buill, *s.m.* Member, limb. 2 Member of a society. 3 Male instrument of generation. 4 Any part o' male or female dress. 5 Instrument, tool, implement. 6 Ball, globe. 7 Football. 8 Dance. 8 Spot or plot of ground. 10**Boss. 11‡‡ Stud, nail. 12**Bowl. 13 Cable, rope. Tha 'n deagh bhall aodaich agad an sin, *you have an excellent piece of dress there*; do 'n bhacach lùth nam ball, *strength of limbs to the lame*; buill a' Chomuinn Ghàidhlig, *members of the Gaelic Society*; aghaidh gach buill ceangailt' is fuasgailte, *the end of each rope bound and running loose—as the ship's tackling required*; thug iad aghaidh am buill is an caman air, *they turned all their force against him*—lit. *turned their balls and shinty clubs on him.*
ball, (air ball) *adv.* Immediately, on the spot.
balla, *pl.* -achan, *s.m.* Wall. 2 Bulwark. 3** Boss of a shield.
balla-bacaidh, *s.m.* Wall of defence, bulwark.
ball-àbhachais, *s.m.* } Gazing stock. 2 Laughing stock. 3 Object of mockery.
ball-àbhachd, *s.f.* }
ball-acfhuinn, *s.m.* Tool, instrument, tackling.
ballach, -aiche, *a.* Spotted, speckled. 2 Striped. 3**Tartan. 4 Walled, mural. 5 Having lofty walls. 6 Bossy, studded. An sgiath bhallach, *the bossy shield*; bonaid bhallach, *a spotted or tartan bonnet.*

ballachd, *s. f.* Piedness. 2(JM) Dirty trick. Rinn iad ballachd air, *they play'd a dirty trick on him.*

ballach-muir,(AF) *s.m.* Rock-fish.

ball-acrach,* *s.m.* Cable.

balla-dealachaidh,** *s.m.* Partition-wall.

balladh, see balla.

ballag, -aig, -an, *s. f.* The cranium, skull. 2 Egg-shell. 3 Neat little woman. 4 *f. dimin.* of ball.

ballag-losgainn, see balgan-losgainn.

ballaich, *v.a.* Spot, speckle. 2 Stain, discolour.

————te, *pt. part.* Spotted.

ballail, *a.* Parietal.

ball-aimhleis, *s.m.* Unruly member, instrument of mischief.

ball-aimlisge, see ball-aimhleis.

ballaire, } Common cormorant. see
ball-aire-bòthain, } sgarbh.

ball-airm, *s.m.* Weapon.

ball-airneis, *s.m.* Piece of furniture.

ballairt *gen. sing.* of ballart.

ball-amharc, *s.m.* Spy-glass. Buill-amharc, *a pair of spectacles.*

ballan, -ain, -an, *s.m.* Shell. 2 Covering. 3 Bucket. 4 Tub. 5 Any wooden vessel. 6 Teat. 7 Cupping-glass. 8**Churn. 9 Broom. 10 Balsam. 11 Log, trough. ††vat. 12(CM) Udder—*Arran.* A' cur nam ballan, *applying the cups;* ballan basmuinn, *reviving balsam.*

ballan-bainne, *s.m.* Milk-tub.

————-binnteachaidh, *s.m.* Cheese-vat.

————-binntiche, *s.m.* see b—binnteachaidh. 2(AC) Cheese-press.

————-blàthaich, *s.m.* Butter-milk tub.

————-bùirn, *s.m.* Water-tub.

————-iocshlaint, (AC) *s.m.* Vessel of healing in which, according to the old Gaelic tales, was kept the balsam for restoring to health and life those wounded or killed in battle.

————-losgainn, see balg-losgainn.

————-nigheachain, } *s.m.* Washing-tub.
————-nigheadaireachd, }

————-òir, (AF) *s.m.* (*lit.* gold spot) Wren.

————-seilcheig, *s.m.* Snail-shell.

————-stiallach *s.m.* A kind of pillory, used of old in the Highlands, for punishing liars and petty offenders. It was a sort of frame erected on a pillar, to which the culprit was tightly bound with a rope about the shoulders, by which he hung, exposed to the ridicule and maltreatment of passers by.

†ballard, see ballart.

ballart, -airt, *s.m.* Noisy boasting, fuss about one's family. 2 Clamour, turbulence. Gun bhallart gun mhòrchuis, *without noise or boasting.*

————ach, -aiche, *s.* Noisy, turbulent, clamorous, troublesome. 2 Boastful. 3**Conspicuous.

————achd, *s. f. ind.* Proclamation. 2 Noise, clamour.

————achadh,** -aidh, *s.m.* Proclamation. 2 Act of proclaiming, bawling, or making a noise.

————adh,** -aidh, *s.m.* Proclamation.

————aich, *s. f.* Loud noise. 2 Howling, shouting, hooting. Ciod a' *bh.* a th'ort? *what are you howling at?*

————aich, *v.n.* Proclaim. 2 Howl, shout, hoot.

ball-bhreac, *a.* Variegated, chequered, spotted, grizzled. A' bheatha bhall-bhreac, *variegated life;* mar neulaibh *b., like spotted clouds.* (cirro-cumulus.)

ball-bhreachd, see ball-bhreac.

ball-bùird, *s.m.* Butt, object of derision.

ball-bùirte, see ball-bùird.

ball-cainb,* *s.m.* Hempen rope.

ball-chrith, *s.f. ind.* Trembling. 2 Terror. 3 Tremor of the limbs. 4 Trembling with terror. 5**Chilliness.

————each, *a.* Trembling.

ball-chruinn, *a.* Round-limbed. 2 Round-spotted.

ball-cluaise, *s.m.* Sheet (rope) of a sail.

ball-cogaidh, *s.m.* Warlike instrument.

ball-coise, *s. f.* Football.

ball-deise, *s.m.* Instrument to which two persons have a right. 2 Tool 3 Any useful instrument or weapon. 4 see ball-fearais.

ball-dearg, *a.* Grizzled. 2 Bay-coloured. Eich bhall-dhearg, *bay horses.*

ball-dìmeis, *s.m.* Object of contempt.

ball-dìomhair, *s.m.* Private member. 2††Useful instrument. Na buill-dhìomhair, *the private members.*

ball-dòbrain,‖ *s.m.* Mole on the skin.

ball-donais, *s.m.* Pettifogger.

ball-dubh,* *s.m.* Black spot. 2**Blot, blemish.

ball-fanaid, see ball-fanoid.

ball-fanoid, *s.m.* Laughing-stock, object of derision.

ball-fàitheam,(AH) *s.m.* Bolt-rope.

ball-faobhrach,** *-aich, s.m.* Sharp-edged instrument.

ball-fearais, *s.m.* Membrum virile.

ball-fochaid,** *s.m.* Laughing-stock, object of derision.

ball-gaoir,(AH) *s.m.* Object of disdain, object of universal remark and gossip.

ball-ghalar, -air, *s.m.* Plague. 2 Gonorrhœa.

ball-gobhfa, *s.m.* Golf-ball.

ball-iomachair,** *s.m.* Support, prop. 2 Undersetter.

ball-iomair, *s.m.* Foot-ball.

ball-làimhe,‡‡ *s.m.* Hand-ball.

ball-langais,(AH) *s.m.* Towing-rope.

ball-langastaiche, *s.m.* ,, ,,

ball-leithir,‡‡ *s.m.* Leather ball.

†ball-loisgteach, *s.m.* Lobster.

ball-magaidh, *s.m.* Laughing-stock, bject of derision.

ball-maise, *s.m.* Ornament.

ball-maslaidh,‡‡ *s.m.* Object of derision.

ball-mosglaidh,** *s.m.* Instrument for sounding an alarm.

ball-nasg,‡‡ *s.m.* Joint. 2**Ligament connecting the bones at the joints to prevent dislocation.

ball-oibre,** *s.m.* Tool to work with.

ball-òir, see ballan-òir.

ball-òtraiche,** *s.m.* Puddle, slough. 2 Miry place.

ball-roghnachaidh,** *s.m.* Ballot.

ball-sampuill,* *s.m.* Example, specimen. 2‡‡ Spectacle of shame.

ball-seirce, *s.m.* Beauty-spot.

†ballsg, *s.m.* Blot, spot, freckle.

ballsgach,** *a.* Burlesque. Cainnt *b., burlesque.*

ballsgair, -ean, *s.m.* Giddy, foolish person.

————eachd, *s. f. ind.* Sallies of folly, any kind of silly ridiculous folly.

ball-sgeig,** *s.m.* Laughing stock, object of derision.

ball-sgéimhe, *s.m.* Beauty-spot.

ball-sgiath, -eithe, *s. f.* Bossy shield. Fionn nam *b., F. of bossy shields.*

ball-sgiorradh, -aidh, *s.m.* Deed done unexpectedly. 2**Feat.

ball-sgiorrail, *a.* Performing unexpected deeds.

ball-sgòid, *s.m.* Rope. 2**Spot, blemish. 3‡‡ Blister.

ball-sgot, see ball-sgòid.

ball-sinnsearachd, *s.m.* Old article of family furniture. 2 Heir-loom.
ball-spéil,* *s.m.* Hand-ball.
ball-spòrs,* *s.m.* Laughing-stock.
ball-taghaidh.** *s.m.* Ballot.
ball-tairgne, -uill-, *s.m.* Tackle. 2 Halliard.
ball-tàmailt, *s.m.* Object of disgrace or reproach Tha thu ad' bhall-tàmailt, *thou art an object of disgrace.*
ball-tarruing,‡‡ *pl.* buill-, *s.m.* Tackle.
ball-toirmisg, *s.m.* Forbidden tool or weapon. 2 Obstruction. 3‡‡Detestable object. 4(JM) Man to be avoided.
balluich, *v.a.* see ballaich.
†balma, *s.m.* Balm.
†———ich, *v.a.* Embalm.
†bal-seirc, *s.m.* Carver at a prince's table. 2 Master of ceremonies at high feasts. 3 Herald.
balt, -uilt, -an, *s.m.* Welt of a shoe. 2 Border, belt. 3 Selvidge of cloth. Balt nan sùl, *the eyelids.*
baltach, *a.* Belted, welted, bordered.
———adh,** -aidh, *s.m.* Skirting.
†baltadh, *pl.* -aidhe, *s.m.* Welts, fetters, borders.
baltaich, *v.a.* Welt, belt, border.
bamhsgach.(AH) *a.* Restless. 2 Erratic.
bamhsgaire(AH) *s.m.* Restless, unreliable fellow.
———achd,(AH) *s. f. ind.* Restlessness. 2 Unreliability.
†ban, -ain, *s.m.* Copper. 2 Copper mine. 3 Brass. 4‡‡Foot, pedestal.
bàn, -àine, *a.* White, pale, light in colour, wan, fair, fair-haired. 2 Vacant, waste 3‡‡True. Eich bhàna, *white horses;* talamh *b., waste ground.*
bàn, -àin, *s.m.* Left-hand side of furrow in ploughing, as distinguished from the "dearg" (red) right-hand side. 2** Matrix of a cow. 3(JM) Fallow ground.
ban, *gen. pl.* of bean.
ban- (female, she-.) A prepositive in compounds usually pronounced *bana* before labials (B, M,P) and palatals (C,G) ; but *ban* before linguals (L, N, R) dentals (D, T, S) and labial F. Faidh, *a prophet;* ban-fhàidh, *a prophetess;* gaisgeach. *a hero,* bana-ghaisgeach, *a heroine* ; caraid, *a relation,* banacharaid, *a female relation. Ban* must be prefixed in speaking of a female's country, as, Bana-Ghàidheal, *a Highland woman;* Ban-Albannach, *a Scotswoman* ; Bau-Fhrangach, *a Frenchwoman ;* Ban-Duitseach, *a Dutchwoman.*
ban-abaa, -achan, *s. f.* Abbess.
bana-bharan, -ain, *s. f.* Baroness.
bana-bhàrd, -aird, *s. f.* Poetess.
———achd, *s. f.* Verses of a bardess.
†bana-bhiocais, *s. f.* Viscountess.
bana-bhuachaille, -an, *s. f.* Shepherdess. 2 Female who tends sheep or cattle.
bana-bhuachailleachd. *s. f.* Business or condition of a shepherdess.
bana-bhuidseach, -sich, -sichean, *s. f.* Witch, sorceress.
bana-bhusdraich,** Witch sorceress.
bànachadh, -aidh, *s.m.* Whitening, bleaching. 2 Growing pale. 3 Laying waste. A' b—, *pr. part.* of bànaich.
bàn-achadh,‡‡ -aidh, -nean, *s.m* Waste field.
banachag, -aig, -ean, *s. f.* Dairymaid. 2‡‡ Milker.
banachaigeachd, *s. f. ind.* Business of a dairymaid, the making or preparing of dairy produce. 2 Office of a dairymaid.
bana-channtair,** *s.m.* Chantress.
bana-chara, see bana-charaid.
bana-charaid, -chàirdean, *s.f.* Female relative, kinswoman.
bànaich, *s. f.* Whiteness, paleness, fairness.
banachleach, *s. f.* Vaccination. [Preceded by the article a'.]
bana-cheard, *s. f.* Female gipsy or tinker. 2 *incompt,* Mannerless female.
bana-chéile, see bean-chéile.
bana-cheileadair, -ean, *s. f.* Executrix. 2 Female guardian.
bana-chleasaiche, *s. f.* Actress.
bana-chle'in. see bana-chliamhuinn.
bana-chliamhuinn, *s. f.* Daughter-in-law. 2** sister-in-law, brother's wife or a wife's sister. 3‡‡Any female relation by marriage.
†bana-chliarsaiche, -ean, *s. f.* Songstress.
bana-chòcaire, -ean, *s. f.* Female cook, cook maid.
bana-chòcaireachd. *s. f.* Business of a female cook. 2 Handiwork of a female cook. Tha i ag iomnsachadh na *b., she islearning cookery.*
bana-chòigle, *s. f.* Female gossip or companion.
bana-chòigreach, -rich, *s. f.* Female stranger, strange woman.
†bana-chòintech, *s. f.* Waiting maid.
bana-chòmhdhalta, *s.f.* Foster-sister.
bana-chompanach, -aich, *s. f.* Female companion.
bana-chompanas, -ais, *s.m.* Female companionship. Na dean *b.* rithe, *do not associate with her.*
†bana-chonganta, (bean-chòmhauidh) Midwife.
bàn-achraich,‖ *s. f.* Small-pox. [Preceded by the article a'.]
bàn-chraicneach,‡‡ -eiche, *a.* White or fair-skinned.
bana-chrìosdaidh, *s. f.* Female Christian.
bana-chruitear, -e, -ean, *s. f.* Female harper, female minstrel.
bana-chuisleanaiche *s. f.* Female performer on a wind-instrument, female piper.
bana-churadair,* *s. f.* Executrix. 2 Female guardian.
bana-churaidh, *s. f.* Amazon.
†bànalan, *s.m.* Wasting.
ban-adhaltranaiche, see ban-adhaltranach.
ban-adhaltranach, -aiche, *s. f.* Adultress.
bànag, -aig, -an, *s. f.* Grilse. 2 Anything white. 3 White-faced girl. 4** Cant term for a shilling.
banag, -aig, -an, *s. f.* Smart little woman.
bana-ghaisge, *s. f.* Surprising feats of a female.
bana-ghaisgeach, -eich, *s. f.* Heroine. 2 Female warrior.
bana-ghoistidh, -ean, *s. f.* God-mother.
bana-ghrùdair, *s. f.* Landlady of an ale-house or inn. 2 Female brewer. 3 Hostess. Cagar na *b., the ale-wife's whisper* (soon turns loud.)
ban-aibhistear, -ir, -ean, *s. f.* She-devil.
bànaich, *v. a. & n.* Whiten, make pale, bleach. 2 Grow pale. 3**Make waste or vacant.
bànaiche, -ean, *s.m.* The outer of two ploughing horses.
bànaidh, *a.* Sallow, pale.
banail, -e, *a.* Modest, womanly, feminine, delicate. 2 Comely, elegant. A bhean bhanail, *his modest wife.*
†banailt, *s. f.* Nurse.
banair, -e, -ean, see mainnir.
ban-aireach. see banarach.
banais, bainne, *pl.* bainnsean, *s. f.* Wedding-feast. Fear na bainnse, *the bridegroom* ; bean na bainnse, *the bride ;* culaidh bainnse, *a wedding dress.*
banais-mhagaidh,(JM) *s. f.* Mock wedding. [At one time common in Uist.]

banais-pheighinn,‡‡ *s.f.* Penny wedding.
†banaiteach,** *a.* Serious, grave, sedate.
banal, see banail.
banalachd, *s.f.* Female modesty, behaviour becoming a female.
banalas, see bunalachd.
banaltrachd, *s.f.* Nursing. 2 Business of a nurse. Mach air *bh.* *out at nursing.*
banaltradh, -aidh, *s.f.* see banaltrum.
banaltraich,* *v.a.* Nurse.
ba altruim,* *v.a.* Nurse.
banaltrum, -uim, *s.f.* Nurse.
banaltruma hd, see banaltrachd.
b altrumas, " " "
bana-mhaighstir, -ean, *s.f.* Mistress. 2 Female who employs one or more servants. 3 School-mistress.
bana-mhaighstireas, -eis, *s.m.* Rule of a mistress.
bana-mhàlta, *a.* Shamefaced, modest, bashful.
bana-mhàltachd, *s.f.* Shamefacedness, bashfulness, modesty.
bana-mharcaiche, *s.f.* Female rider.
bana-mharcair,** see bana-mharcaiche.
bana-mharcus, -uis, -uisean, *s.f.* Marchioness.
ba a-mharsanta,* *s.f.* Female merchant.
bana-mheirleach, *s.f.* Female thief.
bana-mhisgear, *s.f.* Female drunkard.
bana-mhorair, -ean, *s.f.* Lady. 2 Wife of a lord or baronet. 3 Countess.
bana-mhormhair, see bana-mhorair.
bana-mhortair, *s.f.* Murderess.
bana-phrionnsa, *s.f.* Princess.
†ban-ara, *s.f.* Maid-servant.
banarach, -aich, *s.f.* Dairymaid, milkmaid.
banarachas, -ais, *s.m.* Office of a dairymaid or milkmaid.
ban-asal, -ail, *s.f.* She-ass. (*asal boirionn.*)
banasgal, see †ban-gal.
Cuairt bheòil,—Top stroke.
Cudthrom socrachaidh,—Ballast.
Cupuill, *or* cuplaichean, (na),—Shrouds.
Déile,—Plank.
Deireadh,—Stern.
Deireadh cuaich,—Round stern.
Dòirneag, an,—the oar-handle.
Dòrn chur,—Oar-handle,—*Lewis*.
Eadar-bhacain,—Space between the rowlocks
Fàradh,—Shrouds.
Fàsag,—Plug-hole.
Fiodhannan,—Timbers in general.
Fuaigh-shlat,—Stock of a ship while building.
Glac,—Fork. An upright piece of timber near the stern in fishing boats, used for resting the upper part of the mast on when not up.
Glas a' chroiun,—Mast-lock.
Glùineau,—Beam knees. (see achlaisean.)
Greimiche,—Anchor. *prov.*
Gualainn,—Shoulder, (curved part of the hull extending from the foremost stays, or foremost tholes in a rowing-boat, to the stem.)
Iall-theannaidh,—Brace.

Iarnan comhalach,—*Lewis.* Clip for striking into the head of a fish when it comes to the boat's side.
Iomram,—Rowing.
It·-·ar-blade.
"Làmh ud thall" (yonder hand) is only said when hauling or shooting lines with oars. The shooting and hauling is done on the right side, so this applies to the port oars. "An làmh seo fhéin" or "an làmh a bhos" is applied to the starboard or right side oars.
Lannan,—Scales, roves (round pieces of metal on which the nails are clinched inside.
Leabaidh na taoma, leabaidh na taoime,—*Skye*; leabaidh-taomaidh,—Vacant space for baling.
Liagh, an,—Oar-blade.
Leagail, (an)—That part of a boat which is flattened out before building up the sides. —*Lewis.*
Luitig,—Bilge-water.—*Lewis.*
Lunn, (an,) *pl.* -an,—the midpart of boat or oar. 2 Piece of wood placed under the keel when hauling a boat on the beach. 3 Oar. 4 (MM) Lever.
Puc-tholl.—Plug hole.
Racas,—Sail-hoop.
Ràmh-bràghad, *or* ràmh-gualainn,—Stroke-oar.
Ruadh-bhòrd—Next board to "fliuch-bhord."
Sàil,—Heel, (between keel and stern-post.)
Sailtichean.††—Hatches.
Seas-aothar,**—Seat a-thwart.
Sgairean,—Nails. (see tairngnean sgair.)
Sgar, sgairean.—*Gairloch.* see sùidhean.
Sgiathan,—Side wings. Flat pieces put on each side under water to keep boat steady and from rolling. They are much shorter and broader than the bilge-piece, and are used for "crank" boats.
Sgruig thoisich *and* sgruig dheiridh,—the parts of the stem- and stern-posts about the gunwale.—*Skye.*
Sguit, (an)—Stern-seat,—*Lewis.*
Sguit thoisich, sguit dheiridh,—Board on the bottom of an open boat fore and aft on which passengers place their feet.
Sguman,—Baling-dish.—*Lewis.*
Slatan,—Yards.
Slat sgòid,—Boom.
Slat shiùil,—Sail-yard.
Sliasaid,—Quarter.
Slige,—Hull.
Snaois,††—Prow.
Spùidsear,—Baling-dish.
Sròl,—Flag.
Stàdhannan,(*sing.* stàdh,)—Stays.
Strac beòil,—Top stroke.
Suaicheantas,—Flag having a crest or badge as of a yacht club.
Sùdh,—Overlap in planks.
Suidheachan, an,—the stern seat.
Sùidhean,—Scarf-joint. When in building a boat a plank is too short to extend from stem to stern, it is supplemented by another, the two being united by a scarf-joint. The nails used in such joints are called "tairngnean-sgair."
Tairngnean barraidh,—*Skye.* Rivet nails.
Tairngnean calpa,—Nails for joining the skin to the stem, keel, and cross timbers. They are not clinched.
Tairngnean daraich,—Nails of various sizes, the larger ones to fix planks to timbers, the smaller to fix keel-board to keel, and ends of planks to stem- and stern-posts.
Tairngnean fruillichd,—Roves (nails.)
,, fuaigheil, see t.— daraich.
Tairngnean rang,—*Skye.* see t— daraich.
Tairngnean sgair, see note under sùidhean.
Taoim,—Bilge-water.
Taoman,—Baling-dish.
Tarsnan,—Transom.
Teannadan,—Brace.
Tiolpadair,—Check.
Tiolpadh,— ,,
Tobhta, *pl.* -aichean,—Seat *or* thwart. There are generally five thwarts in a boat, named as follows :—
1. An tobhta chroinn *or* t— thoisich, (to which the mast is fixed.) 2. An tobhta bhràghad. 3. An tobhta mheadhon. It is called "an tobhta thogalaich" when in a moveable condition, and it can then be taken up and laid down in the bottom of the boat when desired. 4. An tobhta amar. 5. An tobhta dheiridh, an sguit, an camus, *or* an suidheachan. There is no seat a-stem "tobuta chroinn."

Togail—*Lewis*, Carriage.
Toiseach,—Stem or bow.
Toll an tùc,—Plug-hole.—*Lewis.*
Toll-cnaig,—Plug-hole.
Toll tholaidh, *or* t— silidh,—Plug-hole.
Treobhair (an),—That part of boat below the "leagail."
Trotha,—*Lewis.* Mast-step.
Uidheam,—Set of sails.
Urluinn,‡‡—Fore part of a ship.



30. Roinnean Acrach.

NAMES OF PARTS OF AN ANCHOR (Roinnean acrach.)
1 Fàinne,—Ring.
2 Ciabhag,—Forelock.
3 Gualann,—Shoulder.
4 Stoc,—Stock.
5 Dealg na ciabhaig,—Forelock pin.
6 Calpa,—Shank.—*Lewis.*
7 Fiacal, Spòg ; spàg [Fliùc,]—Fluke. Dà spàg na h-acrach, *the two flukes of the anchor.—Lewis.*
8 Bas,—Palm.
9 Gob, bàrr—Bill *or* pee.
10 Gàirdean,—Arm.
11 Crùn,—Crown.
12 Amhach,—Throat.
Còrd failbheig,—Part of a cable which is fastened to the ring of the anchor.

NAMES OF PARTS OF A BLOCK OR PULLEY, (Ulag)
1 Ceann,—Head.
2 Eag,—Score.
3 Cochuil,—Block *or* shell.



31. Ulag.

4 Dealg,—Pin.
5 Sùgan—Saeafswallow.
6 Ruidhlean, reidhlean, roithlein,—Wheel *or* sheave.

NAMES OF PARTS OF A RUDDER,
(Failm, stiùir.)



32. Failm.

1 Cuing,—Yoke.
2 Iarunn na stiùireach, brod.—Pintle. see O7
3 Stoc,—Stock.
4 Toll na stiùireach—Rudder-band.
5 Falmadair, failm, maide stiùraidh,**—Tiller.
2 & 4 Ceanglaichean na stiùireach, — Rudder-bands.
Claigeann,—Head, where yoke or tiller goes on the rudder.
Ghlas (a')—Key on stern-post.

DIFFERENT KINDS OF BOATS.

Bàidean, — Little boat, yawl, pinnace.
Bàrca,—Barque.
Bà a dà chroinn,—Wherry.
Birlinn,—Galley, 12- or 16-oared boat. "Birlinn Tighearna Chloinn Raonuill" had 16 oars.
Ceithir-ràmhach, — Double-banked boat seating two men on each thwart with an oar each, one on each side.
Clàrach, (AC)—Small boat.
Clàrag,—Square stern boat.
Coi.e,—Skiff, light pleasure boat for sculling on lakes and rivers (called *skiff* in England.) 2 Small fishing-boat, coracle.
Culaidh, eathar,—Coble, boat with cutwater head, flat-bottomed stern and transom set up obliquely. [*Culaidh* is a general term for a boat in the Reay country.—AG]
Curach, curachan,—Coracle, canoe.
Curaidh, iubhrach, †atrach,*—Wherry, boat to row 2 oars, fo landing passengers.
Dà-ràmhach,—Single-banked boat having one rowlock (rowing one on a seat.)
Deich-ràmhach—Launch, boat using 8 or 10 oars.
Gàbart,—Lighter, one-masted, round-sterned vessel, with a long hatchway, cutter-rigged.
Geòla,—Yawl.
Iùbhrach,—Cutter, good sailing vessel of tidy build.—*Barra.*
Long—Square rigged vessel with 3 and sometimes 4 masts.
Long-ràmhach,—Pinnace, large boat used by war-ships.
Luath bhata, } —Cutter, small vessel with 1
Luath long, } mast, mainsail, forestaysail and jib set to bowsprit-end. 2 Any sloop of narrow beam and deep draught.
Naomhag,**—Coble.
Pacaid, —Mail-boat.
Plodan, (CM)—Small boat of a smack, fishing or otherwise.
Ràmh-long,‡‡—Galley.
Sgollag,—(?) Dinghey, small rowing-boat for use in a harbour.
Sgoth,—Skiff, (sailing-boat, sharp at stem & stern, carrying lugsail, or lugsail and jib, and measuring from about 14ft. to 30ft. keel. The mast is lowered a-stem, not a-stern as in other boats.
Sgoth long,—Yacht. 2‡‡Ship's fly-boat.
Sgoth luath, geàrradair,—Cutter, row-boat attached to war-ship.
Sia-ràmhach,—Gig, boat with straight gunwale for 2, 4, or 6 oars.
Slaod uisge; ràth—*Lewis, W. Ross, &c.*,—Raft.
Smag, Gaelic spelling of *smack.*
Treachaill-mhara, (an)—Fingal's boat.

☞ *When the name of a particular district is given for any term above, it does not follow that such term is peculiar to that district, but only that it is in use there. Many of the terms are common to the whole of the Highlands.*

A number of additional boating terms were, unfortunately, received too late to be stereotyped here; but they will be found in the Appendix.

In addition to the authorities mentioned on p. xv, *considerable assistance has been obtained in compiling these boating terms from:—*

Trans. Gaelic Soc. Inverness, xix, 213.
"Fionn's" letter to Highland News, 2/10/97.
Donald MacLachlan, Connel.
Michael MacNeill, Castlebay.
M. MacLeod, Uig, and Donald Murray, Aberdeen (chiefly for Lewis.)
Farquhar Mackenzie, Paris, and A. R. MacLeod, Glasgow, (chiefly for Gairloch, Loch Broom, &c.)
Miss Carmichael, Edinburgh, (for Western Isles.)

FOR NAMES OF SAILS AND PARTS OF A SAIL, see sòl.

bàtachan, -ain, *s.m.* (*dim.* of bàta) Little boat.
batachan, -ain, *s.m.* (*dim.* of bata) Little staff.
bata cuilce,‡‡ -aichean-, *s.m.* Cane.
bataichean, *n. pl.* of bata.
bàtaichean, *n. pl.* of bàta.
batadh (a'), *pr.pt.* of bat.
batail, Gaelic spelling of *battle.* 2‡‡Threat.
batailte, see batail.
batailteach,‡‡ -eiche, *a.* Battalious.
batair, -ean, *s.m.* Cudgeller. 2 Noisy fellow. 3**Lounger, idler.
bataireachd, *s. f. ind.* Cudgelling. 2 Idleness. 3 Lounging. 4 Making a rattling noise. Is ann ort tha a' bhataireachd! *what a noise you are making!*
bàta-speur, -aichean-, *s. m.* Balloon.
bàt'-athair,** see bata-speur.
bàt-bhùth,** *s.m.* Awning.
†bàth, *s.* The sea. 2 Slaughter, massacre, murder. 3 Death. 3 Thirst.
bàth. *v.a.* Drown, immerse. 2 Quench, slake. 3 Extinguish, smother. 4**rarely* faint. 5‡‡Die, perish. Bhàthadh e, *or* chaidh a bhàthadh, *he was drowned*; bhàt' ian gealbhan, *she extinguished the fire* (by pouring water on it);

bhàth e a phathadh. *he quenched his thirst*; bàthamaid gach smalan, *let us drown all care.*

bàth, *a.* see baoth.

——, *s.m.* see baothair.

bàthach,-aich,-aichean, see bàthaich. 2††Sloth.

bàthachd, see baothaireachd. Thig *b.* ort, *foolishness shall come upon thee.*

bàthadh, -aidh, *s.m.* Drowning. 2 Quenching, slaking. 3 Smothering. 4‡‡ Faiut, swoon. A' b—, *pr pt.* of bàth. Bà hadh mór aig oirthir, *a great drowning near the land* (applied to persons who die as soon as they get their luck); is e barrachd de'n aodach a ni na longannan caora 'bhàthadh, *'tis too much sail that capsizes the narrow ships,* (applied to persons with more ambition than grit.)



33. Bàthaich.

bàthaich, -ean, *s.m.* Byre, cowhouse.

PARTS OF A BYRE—

1 Balla,—Wall
3 Amar,—Trough.
4 Post deiridh,—Hind-post.
5 Maide mullaich.—Top rail.
6 Clach amail,—Curb-stone.
7 Bùird tharsuinn,—Travis boards.
8 Bacan,—Stake.
12 Inne, carcair, gruip,(MM)—Gutter.
13 Urlar,—Paved floor.
Buall, buist.—Stall.
Prasach,—Manger. (not in illust.)

bà-thaigh, see bàthaich.

†**bathainte,** *pl.* Cattle spoil.

bathaire, see baothair.

bathais, -ean, *s.f.* Forehead, front. 2 Crown of the head. 3 Impudence. Nach aun aige a bha a' bhathais! *what impudence the fellow had!* cuiridh mi aghaidh bhur bonn ri bhur bathais, *I will make you set about the work in earnest* (*lit.* put the face of your soles to your forehead); cnaidh mi thar bathais an urlair de leum, *I went right across the floor at one jump*; bathais gun fhallus, *a brow without sweat,* (said of one void of shame or common sense.

———**each,** *a.* Of, or belonging to, the forehead. 2 Assuming in manner, impudent, bold.

———**eachd.‡‡** *s. f.* Effrontery.

bathal, see badhal.

bathalaich, *s.m.* Vagabond.

bathar, -air, *s.m.* Wares, goods, merchandise. 2**Bale. 3**see bàrr. Bathar òir agus airgid, agus chlach luachmhor, *the merchandise of gold, silver and precious stones*; am *b.* a bha 'san luinge, *the wares that were in the ship.*

bathar-bhùird,* **-bhùird,** *s.m.* Count r.

batharuach,* *s.m.* Warehouse, shop, storehouse.

†**bathghorm,** see liath-ghorm.

ba.hlach, see balach.

†**bathlan,** *s.m.* Flux of the sea. 2 Tide. 3 Calm.

†**bath-laodh,** *s.m.* Helmet.

†**bathroid,**** **-ean,** *s. f.* Token.

bàth-ròs, -rois, *s.m.* Rosemary. see ròs Màiri.

bàth-shruth. *s.m.* Calm or smooth stream.

†**bath-throid,** *s. f.* Helmet, head-piece.

bàt-phubull,** *s.m.* Awning.

†**batròs,** see ròs Màiri.

b'e, (*for* bu e), *3rd. pers.sing.. past ind., irr. v.* is. It was he, *or* it. B'e sin iarrtas do chridhe, *that was the desire of thine heart.*

†**bè,** *s. f.* Life. 2 Wife, woman, female. 3 Night.

†**beabh,** *s. f.* Tomb, grave.

beabhar, Gaelic spelling of *beaver.*

†**beacan, -ain,** *s.m.* Large fuzzball, see beach. 2 Mushroom, see balg-bhuachair.

†-———**ach,** *a.* Abounding in mushrooms, of mushrooms, like a mushroom.

†**beacarna,** *s. f.* Common prostitute.

beach, -a, -an, s.m. Bee. 2 Bee-hive. 3 Wasp. 4**Beast. 5**Bird. Mar bheachaibh, *as bees*; dranndan bheachan an aonaich, *the murmur of the mountain bees.*

———,§ -a, -an, *s.m.* Devil's snuffbox or fuzzball—*lycoperdon gigantum.*

———**ach, -aiche,** *a.* Abounding in bees or wasps. 2 Waspish. 3 Of, or belonging to, a bee or wasp. Mios *b.* seilleanach, *the month that produces wasps and bees.*

beachaid,* see beachair.

beachair, -ean, *s.m.* Bee-hive.

beachan, *s.m.* *see beach. 2**Little bee.

beachan-chapuill, } *s.m.* Wasp. 2 Horse-fly.
———**each,** }

beachanta** **-ainte,** *a.* Waspish, cross. Gu *b.*, *waspishly.*

beacharn,** **-airn, -airnean,** *s. f.* Prostitute.

beachd, -a, -an, *s.m.* Notice, attention, observation, perception. 2 Feeling. 3 Ambition. 4 Idea, conception. 5 Distinct recollection. 6 Opinion. 7 Behaviour. 8 Sense, judgment. 9 Conceit. 10 Aim, intention. 11 Carriage. 12**Vision, eyesight. 13 Surety. Gu beachd,*surely, clearly*; as a bheachd, *out of his senses*; ma's math mo bheachd-sa, *if I have a distinct recollection*; mór 'na beachd, *conceited in her ideas*; tha mi 'san aon bheachd, *I am of the same opinion*; geur shaighdean laoich a's cinnliche beachd, *the arrows of the hero of surest aim*; am bheil beachd agad far an d'fhàg thu e? *have you any recollection where you left it?* gabh beachd air, *pay particular attention to it*; cha robh mi dorch gun bheachd, *I was not so ignorant and void of perception*; a réir mo bheachd-sa, *to the best of my recollection* or *opinion*; cum sin 'nad bheachd, *keep that steadily in view*; 's e sin a bha 'm bheachd-sa 'san am, *that is what I had in view at the time*; an do chaill thu, mar mise, do bheachd? *hast thou, like me, lost thy memory?* chuir na bàird am beachd air na triath, *the bards fixed their notice on the chiefs*; ma's còmhrag do bheachd, *if battle be thine intention*; o bheachd, *out of sight.*

+———, *s.m.* Covenant, surety. 2 Circle, ring, 3 Multitude.

†———, *v.n.* see beachdaich. 2**Embrace, compass.

·———**ach,‡‡ -aiche,** *a.* Notional. 2 Perceptive.

·———**achadh, -aidh,** *s.m.* Considering, meditating, contemplating. 2 Viewing, watching. 3 Consideration, meditation. 4*Minutely observing. A' b—, *pr.pt. v.* beachdaich.

·———**achail ‡‡ -e,** *a.* Imaginative.

·———**adair,**** *s.m.* see beachdair.

·———**aich,** *pr.pt.* a' beachdachadh, *v.n.* O

serve, perceive. 2 Attend to. 3 Mark. 4 Consider, meditate. 5 Stare, eye. 6 Review, criticise. Cha *bh.* sùil a h-àite, *no eye shall discern her place*, bheachdaich mi gu dùr. *I observed attentively*; bheachdaich iad am fear mór, *they eyed the mighty man.*

———aichte, *a., & pt.pt.* of beachdaich. Considered. 2 Observed, watched. 3 Ascertained, certain.

———aid,* see beachd-àite.

———aidh, *a.* Certain, authoritative, sure. 2 Observant, watchful, meditative. 3 Judicious. 4 Exact, sure in aim. 5‡‡High-minded. 6**Considerate. 7‡‡Notable. Gu beachdaidh, *considerately*, also *most decidedly, most assuredly*; tha thu beachdaidh gu'm bi, *you are quite certain it shall be so.*

———aidheachd,‡‡ *s.f.* Notableness.

———ail, *a.* see beachdaidh. 2** *rarely* circular. Nach beachdail an t-sùil a th'aige! *how keenly observant his eye is!*

beachdair, -ean, *s.m.* Observer, spy, scout. 2 Critic, reviewer. 3** Apprehender.

———eachd, *s.f.* Spying, informing, espionage. 2 Criticism, reviewing, (as of a book.)

beachd-àite, *pl.* [-àitean &] -àiteachan, *s.m.* Observatory. 2 Watch-tower,

beachdalachd, *s. f. ind.* Circumspection, caution, attention. 2 Self-conceit. 3 Sureness of aim. 4 Great punctuality in observing. 5 ambition.

beachd-bhorb. *a.* Haughty, imperious, insolent.

——— -eòlas,‡‡ *s.m.* Intuition.

——— -ionad, -an, *s.m.* see beachd-àite.

——— -maraiche, *s.m.* Mariner's compass.

——— -sgeul, -sgeòil, *s.m.* Information.

——— -shùil, a, *s.m.* Observation, vision.

——— -shùileach, -eiche, *a.* Minutely observant, keen-eyed.

——— -smaointeachadh, see beachd-smuaintеachadh.

——— -smaointich, see beachd-smuaintich.

——— -smuaineachadh, see b—smuainteachadh.

——— -smuainich, see b—smuaintich.

——— -smuainteach, *a.* see b—smuainteachail.

———adh, -aidh, *s.m.* Meditating, contemplating, musing. A' b—, *pr.pt.* of beachd-smuaintich.

———ail,** *a.* Contemplative, meditative.

——— -smuaintich, *v.n.* Muse, meditate, contemplate. 2** Talk. A bheachd-smuaintеachadh 'san fhaiche, *to meditate in the field.*

beachdta, *a.* Certain, sure, accurate.

beach-each, (DM) *s.m.* Wasp. 2 Horse-fly.

——— -lann, *s.m.* Bee-hive.

†beachlannach, *s. f.* Place suitable for bee-hives.

†———, *a.* Abounding in bee-hives.

beach mór, (AF) *s.m.* Hornet.

beachnuadh fìrionn, *s. m.* Square-stemmed St. John's wort,—*hypericum quadrangulum.* (*lit.* male St. John's wort) Ordinary St. John's wort is called *beachnuadh boirinn* by O'Reilly.]

34. Beachnuadh fìrionn.

†beachran, *v.a.* Grieve, molest, trouble, annoy.

†beachran -ain, *s.m.* Wandering, straying.

beach-thaigh, see beach -lann.

†bead, *s.m.* Flattery. 2 Cunning. 3 Trick. 4 ‡‡ Pity. 5‡‡Book.

beadach, -aiche, *a.* Forward, impudent. 2 Prone to flatter. 3 Pettish.

———d, *s. f. ind.* Forwardness, impudence. 2 Flattery.

beadag, -aig, -an. *s. f.* Lying enticing young woman. 2 Impudent, impertinent young woman. 3 Gossip.

———ach,** *a.* Like a lying female. 2 Like a gossip.

———ag, see beadag.

———an, -ain, *s.m.* Impertinent, impudent, petulant, *or* trifling fellow, 2** Tale-teller. [Original y a tup lamb about six months old, as it was very keen at that age to cover the sheep. Lads in their teens inclined to have carnal connection with women are called *beadagan* in the W. Isles.—J.M.]

———an, *n. pl.* of beadag.

———anach,‡‡ -aiche, *a.* Pedantic.

———d,‡‡ *s. f.* Pedagogy.

beadaiche, *comp.* of beadach.

———,** *s.m.* Flatterer, cajoler. 2 Enticing fellow.

beadaidh, -e, *a.* Impudent, petulant, forward, pert. 2 Fastidious, nice, luxurious. 3 Pettish. 4** Mannerless. 5** Sweet-mouthed, flattering. 6** Alert. An Inid bheadaidh thig an là roimh 'n oidhche, *the forward Shrove-tide th day comes before the night* (the feast before the vigil); beadaidh ri linn socair, *luxurious in time of peace*; cho *b.*, *so forward*; òran na circe beadaidh, *a song from the pert hen*; breac beadaidh, *a trout.*

———eachd, *s. f. ind.* Impudence, petulance, impertinence, incivility, forwardness. 2 Luxuriousness. 3 Capriciousness. 4 Pettishness. 5** Flattery. 6** Alertness. 7 Assurance.

†———ean, *s.m.* Scoffer. 2‡‡ Parasite.

†beadaighe, see beadaiche.

beadair,* *v.a.* see beadraich.

beadal,** Gaelic spelling of *beadle.*

beadamanachd,** *s.f.* Procacity, presumption.

beadan, -ain, *s.m.* Calumny. 2**Forward, petulant person.

———ach, -aiche, *a.* Calumnious 2 Forward. 3 Petulant. Gu beadanach, calumniously.

———achd, *s. f.* Scurrility, calumny. 2** Habit of calumniating. 3** Forwardness, pertness.

beadarach, -aiche, *a* Beloved, lovely. 2 Flattering, cajoling, coaxing. 3 Pampered, delicate, indulged 4 Fond. 5 Sportive, playful. Is beadarach an ni an onoir, *honour is delicate*; Albainn bheadarrach! *beloved Scotland!*

———d, *s. f. ind.* Buxomness, playfulness

beadaradh, see beadradh.

bead-fhaclach, -aiche, *a.* Impudently loquacious.

†bead-fhaoabhadh,‡‡ *s.m.* Register, commentary.

†beadrach, -aich, *s. f.* Playful girl.

———, *a.* see beadarach.

beadradh, -aidh, *s.m.* Fondling, flirting. 2 Flattering. 3 Caressing. 4 Toying. 5** Fondness, endearment. 6†† Fun, sport, play. A' b—, *pr. pt.* of beadraich. Beadradh gu leòir, *enough of flirting*; chuireadh tu bodaich gu beadradh, *you would set old men a-fondling.*

beadragan, see beadradh.

beadraich, *pr. pt.* a' beadradh, *v. a.* Fondle, caress, indulge, cajole, coax.

beaduidh, see beadaidh.

———eachd, see beadaidheachd.

beag, *a.* Little, short, diminutive. 2 Dis-

agreeable, often used to express disapprobation. 3 Light, trifling, insignificant. 4** Young. 5** Few. 6(AH) Sordid, miserly, niggardly. Declined thus in connection with a noun :

	Sing.		Plur.
Nom. (m.) beag,	*(f.)* bheag,	*(m. & f.)* beaga.	
Gen. bhig,	bhige,	beaga.	
Dat. beag,[1]	bhig,	beaga.	
Voc. bhig,	bheag,	beaga.	

[1] When the noun preceding *beag* has the article before it, the dat. sing. masc. is aspirated (bheag.) *Beag* is compared thus : *1st. Comp.* bige, *or* lugha. *2nd. Comp.*, bigid, *or* lughaid. *3rd. Comp.* bigead, *or* lughad. Ach beag, air bheag, *almost* ; is beag uach, *almost* ; rud beag, *a little thing* ; duine beag, *a diminutive man* ; ùine bheag, *a short time* ; is beag orm thu, *I hate you;* iad-san air am beag sibh, *they who hate you* ; is beag seo, *this is a trifling (light) thing* ; is beag an dolaidh, *it is a small loss* (he or she richly deserves it); na sionnaich bheaga, *the young foxes* ; na coin bheaga, *the little dogs* ; na fir bheaga [na daoine beaga.] *the little men* ; leanabh beag, *a babe* ; air bheag de làithibh, *in a few* days ; air glé bheag de'n oidhche, *very early in the night* ; is beag sin de Ghàidhlig, *that is a poor sort of Gaelic* ; tha e fìor bheag 'n a nàdur, *he has a very niggardly disposition* ; cha'n fheairrd duine a bhi cho beag siod, *a person is not any better of being so niggardly as that.*

——,* *v.a.* see beagaich.

——, *s.m. & f.* (*n. pl.* big, declined in sing. as *a.* beag.) Little one. 2 Nothing. 3 Any, the least. 4 *pl.* The young. Am bheil a bheag de mhath air ? *is it worth anything ?* am beag agus am mór, *both great and small* ; an ni a chi na big, is e a ni na big ; *what the young see, they do;* a bheag a dh'aon ni is leatsa, *the least particle of what is thine* ; cha'n fhaich a bheag [am] bàs ; *nothing shall die* ; beag is beag, *little and little, by degrees.*

beagachadh, -aidh, *s.m.* Diminishing, lessening, diminution. A' b—, *pr.pt.* of beagaich.

beagachd,‡‡ *s. f. ind.* Littleness.

beagaich, *pr.pt.* a' beagachadh, *v.a.* Diminish, lessen, abate. 2 Destroy.

beagaiche, *s.m.* Abater, diminisher.

beagaichear, *fut. pass.* of beagaich.

beagaichidh, *fut. aff. a.* of beagaich.

beagaichte, *past. part.* of beagaich.

beagan, -ain, *s.m.*, & *a.* Little. 2 Few, small number, small quantity. Air bheagan chéille, *with little wisdom, witless* ; beagan uisge, *a little water* ; fuirich beagan, *stop a little* ; beagan crìon, *a very little* ; a' dol am beaganaibh, *growing into small portions, crumbling* ; a lion beagan is beagan, mar a dh'ith an cat an sgadan, *by degrees (little and little) as the cat ate the herring* ; beagan eile, *a little more* ; air bheagan maith, *worth little, of no value* ; air bheagan tuiream, *having little sense.*

beag-chionta, -an, *s.m.* Petty crime, foible, slight fault.

beag-chreidmheach, -eiche, *a.* Of little faith, sceptical, incredulous.

†beagdhata, *s.m.* Stingy fellow.

beag-eagalach, -aich, *a.* Bold, fearless.

beag-ghaduidheach,‡‡ *s.f.* Larceny.

beag-luach, see beag-luachach.

beag-luachach, -aiche, *a.* Valueless, useless.

beag-nàire, -e, *s.f.* Impudence, indelicacy.

beag-nàrach, -aiche, *a.* Impudent, shameless. Gu *b., shamelessly.*

————d, *s. f. ind.* Shamelessness, impudence.

beag-seadhach, -aiche, *a.* Inconsiderate. Is fhearr am beag-seadhach na'n draghaiche mór, mi-ghnìomhach, *the little sensible man is better than the great inactive burdensome man.*

beag-shuileach, -eiche, *a.* Pink-eyed.

beairdean, see boitean.

beairt, see beart.

——each, see beartach.

——ean, *pl.* of beairt (*for* beart.)

——eas, see beartas.

——ich, see beartaich.

†beal, see beul.

bealach, -aich, -aichean, *s.m.* Defile, passage, pass or gorge of a mountain, glen. 2 Gap, breach in a wall or fence. 3 Gateway. 4 Gate. Tog am bealach, *build the breach;* mar eibhle 'sa bhealach, *like a fire in the mountain gorge ;* ciod a'n bealach am buail sinn ? *through which pass shall we strike our way* ; air bealach ceart, *on a right way* ; druid am bealach, *shut the way.*

bealach—*Arg.* Erroneously used for *bealaidh.*

†bealadh,‡‡ *s.m.* Anointing.

bealag.** see mealg.

35. Bealaidh.

bealaidh, *s.m.ind.* Broom, —*sarothamnus scoparius.* [§Badge of Clan Forbes.]

bealaidh Chattach,§ *s. m.* Butcher's broom. see calg-bhealaidh.

bealaidheach,‡‡ -eiche, *a.* Broomy.

bealaidh Frangach.§ *s.m.* Laburnum—*cytisus laburnum.*

bealaidh Sasunnach, *s.m.* Laburnum. see bealaidh Frangach.

bealamas,* -ais, *s.m.* Refuse of a feast, crumbs that fall from the table or from the mouth.

36. Bealaidh Frangach.

bealbhach,‡‡ *s.m.* Horse's bit.

bealbhan-ruaidh, -ain-ruaidh, -ain-ruadha, *s.m.* Species of hawk, buzzard or 2 Frog.

†bealchaithteach, *a.* Talkative.

†bealgach. *a.* Garrulous, prattling.

————,** *s.m.* Interpreter.

beall, see beoll.

Bealltainn, see Bealltuinn.

Bealltuinn, -e, *s.f.* May-day, first day of May. On the first of May was held a great Druidical festival in favour of the god Belus. On this day fires were kindled on the mountain tops for the purposes of sacrifice ; and be-

tween these fires the cattle were driven, to preserve them from contagion till next May-day. On this day it was usual to extinguish all the hearth fires, in order that they should be re-kindled from this purifying flame. In many parts of the Highlands the young folks of the district used to meet on the moors on 1st. May. They cut a table in the green sod, of a round figure, by cutting a trench in the ground of sufficient circumference to hold the whole company. They then kindled a fire, and dressed a repast of eggs and milk of the consistency of custard. They kneaded a cake of oatmeal, which was toasted at the embers against a stone. After the custard was eaten, they divided the cake into as many portions as there were persons in the company, as much alike as possible in size and shape. They daubed one of the pieces with charcoal till it was black all over, and they were then all put into a bonnet together, and each one, blindfolded, drew out a portion. The bonnet holder was entitled to the last bit, and whoever drew the black bit was the devoted person who was to be sacrificed to Baal, whose favour they meant to implore in rendering the year productive. The devoted person was compelled to leap three times over the flames.**

Là buidhe Bealltuinn, *a common name for May-day.*

†bealràidheach, *a.* Famous.

†bealràidhteach, *a.* Prattling, babbling, talkative. 2 see bealràidheach.

†bealtaine, *s.f.* Agreement, compact, bargain.

bealtair,** *s.m.* Compact.

†bealtuidh, *a.* Nasty, dirty.

†————eachd, *s.f.* Uncleanness, filthiness.

bealuidh, see bealaidh.

†beam, *s.m.* see beum.

bean, *pr.part.* a' beantainn [beanail, beantail, & beanailt,] *v. a. & n.* Touch. 2 Handle. 3 Meddle with. Cha bhean sibh ris, *ye shall not touch it*; an ti a bheanas ribh, *he who touches you.*

bean, *s.f.* Woman, female. 2 Wife.

Thus declined :—

	Sing.	Plur.
Indef, Nom.	bean,	mnathan, *and* mnai,
Gen.	mnà,	bhan,
Dat.	mnaoi,	mnathaibh,
Voc.	a bhean !	a mhnathan !
Def. Nom.	a' bhean,	na mnathan,
Gen.	na mnà,	nam ban,
Dat.	(do)'n mhnaoi,	(do)na mnathaibh
,,	ris a' mhnaoi,	ris na mnathaibh

Bean a' ghaoil, *the wife of his affections*; goirear bean dith, *she shall be called woman*; bean nan deagh bheus, *a virtuous woman*; air a bhreith le mnaoi, *born of a woman*; mar mhnaoi, *as a wife*; bean a' bhaile, *the tenant or proprietrix of a place*; bean an taighe, *the landlady* or *goodwife*; bithidh taobh an teine aig caraid bean an taighe, *the goodwife's friend will be near the fire*; bithidh caraid bean an taighe an uachdar an taighe, *the goodwife's friend will be over the house.* The last two sayings do not necessarily mean that the goodwife will be nasty to her husband's friends, but merely that her own friends will naturally feel more at home in the house. When addressing one's mother in Gaelic, the expression "a bhean" (woman) is used and not "a mhàthar."

bean,(AF) *s.f.* She-goat. 2‡‡Step, degree.

†——, *a.* Active, quick, nimble.

beanachas-taighe, see banas-taighe.

†beanadh, -aidh, *s.m.* Dullness, bluntness.

†————, *v.a.* Take. 2 Belong. 3 Reap, shear.

beanag, -aig, -an, *s.f.* Little woman or wife. 2 Term of endearment for a female. 3** Pundle.(?) Mo bheanag ghaolach, *my dear little woman.*

beanail, see banail.

beanailt, *s.m.* Touching. A' b—, *pr pt.* of bean.

————each, -eiche, *a.* Touching. 2 Meddling. 3 Tangent.

†beanamhuil, *a.* see banail.

†beanann,‡‡ *s.pl.* Appurtenances, furniture.

†beanas-taighe, see banas-taighe.

bean-baile, *s.f.* Proprietrix of a village. 2 Wife of a farm tenant.

bean-bainuse, *s.f.* (*lit.* the woman of the wedding) Bride.

bean-bharain, *s.f.* Baron's wife.

bean-bhochd, *s.f.* Female mendicant. 2‡Poor woman. Mnathan bochda, *poor women*; an t-sean bhean bhochd, *a poetical name for Ireland. used there.*

bean-bhràthair-athar, *s.f.* Uncle's wife, wife of a father's brother. Bean-bràthair-m'athar, *my paternal uncle's wife.*

bean-bràthair-màthar, *s.f.* Uncle's wife, wife of a mother's brother. Bean-bràthair mo mhàthar, *my maternal uncle's wife.*

bean-bhràthair-seanair, *s. f.* Grand-uncle's wife, wife of a grandfather's brother.

bean-bhràthar, *s.f.* Sister-in-law.

bean-charaid, see bana-charaid.

bean-chéile, *s.f.* Spouse, wife.

bean-chiche, *s.f.* Wet-nurse.

bean-chinnidh, *s.f.* Kinswoman. 2 Clanswoman, female namesake.

bean-chliamhuinn, see bana-chliamhuinn.

†beanchobhar, *s.m.* Horn.

†beanchobhrach, *a.* Horny, horned.

bean-choimheadachd, *s.f.* Waiting-maid. 2 Bride's-maid.

bean-chomharbadh,** *s.f.* Dowager.

†beanchnir, see beanchobhar.

bean chumanta,‡‡ *s.f.* Harlot.

bean-dalta, see ban-dalta.

bean-éigin, see b— éigneachadh.

bean-éigneachadh, -aidh, *s.m.* Rape.

†beangan, see meangan.

bean-ghlùin, *s.f.* Midwife. Thubhairt a' bheanghlùin rithe, *the midwife said to her.*

bean-iasg, *s.f.* Spawner, female fish.

bean-léigh, mna-l—, mnathan-l—, *s.f.* Female physician.

beau-mhath,* *s.f.* Small-pox. [Always preceded by the article *a'*.]

bean-mhic,* *s. f.* Daughter-in-law.

beann, beinn, *s.f.* Degree. 2 Step. 3 Beam. 4 Coruer. 5 Skirt. 3 Attention 7 Regard. 8 Horn (*Islay.*) 9 Top, peak. 19** Drinking cup. 11‡‡Rock. 12 Arm of a cross. 13 Prong of a cycle-fork. 14**rarely* Bone. A bheann iùbhraidh, *its beam of yew*; bràigh lin air a ceithir beannaibh, *a sheet by the four corners*; na toir beann air ciod a their e, *pay no attention to what he says.*

beann, *gen.pl.* of beinn.

————ach,** -aich, *s.m.* Fork.

————, -aiche, *a.* Skirted. 2 Corner-wise. 3 Horned. 4 Pointed. 5 Forked. 6** Chequered. 7**Mosaic. 8 see beannutach.

beannachadh, -aidh, *s.m.* Blessing, benediction. 2 Act or circumstance of blessing. 3 Compliment. 4 Grace before or after food. A' b—, *pr.part.* of beannaich. Iarr *b.*, *ask a blessing*; sruth-bheannachadh nan ceatharn, *the smooth address of the robbers.*

beannachadh-bàird, *s.m.* Poet's congratulation. It was the custom in the Highlands, of old, to meet the bride coming forth from her chamber with her maidens on the morning after her marriage, and to salute her with a poetical blessing called *beannachadh-bàird.*—*An Gàidheal*, ii, 63. If, at any jovial meeting, any man retired, for however short a time, he was obliged, before he was permitted to resume his seat, to make an apology for his absence in rhyme. If he had no talent for poetry, or if, from humour, he did not choose to comply, which was seldom the case, he was obliged to pay such a proportion of the reckoning as the company thought proper to propose. This, according to Martin, was *beannachadh-bàird.***

———-beinge, *bench-blessing.*
———-bobhstair, *bolster-blessing.*
———-cluasaig, *pillow-blessing.*
———-cuaiche, *couch-blessing.*

} Forms of blessing said or sung on various occasions, now only in the Western Isles.—(A.C.)

beannachan,** -ain, *s.m.* Cuckold.

beannachd, -an, *s.f.* Blessing. 2 Farewell expression. 3 Compliments, salutation. (see beannachadh. Cuir mo *bh.*, *send my compliments*; thoir mo bheannachd, *give my compliments*; beannachd Dhé leat, *may the blessing of God attend you*; tha mo bheannachd-sa agad, *you have my blessing*; beannachd leat! *farewell, adieu!* fag beannachd aige, *bid him adieu, say good-bye to him*; beannachd do t' anam is buaidh, *a blessing to thy soul and victory*; beannachd a shaoidis a sluaghail leis, *may he fare as he deserves*; beannachd le cluichdadh na h-òige, *farewell to the pursuits of youth*; mo bheannachd 'na chuid is 'na chuideachd, *I wish increase of prosperity to his gear and relations.*

beannachdach, *a.* Prone to bless. 2 Ready to salute.

beannachdail,* *a.* see beannachdach.

beannachdan,* -ain, *s.m.* Insect that strikes one's finger when holding it.

beannag,‡ -aig, *s.f.* Kerchief, head-band. 2 Corner of a plaid or shawl. 3 Skirt. 4 Coif, linen cap. 5 see bannag. [Seems to be the true Gaelic equivalent of *shawl*. In Lewis it is a square piece of home-made tweed worn by women about their shoulders when at any work outside on a cold day. It is essentially quite square, so that when doubled the upper corner exactly covers the lower.—J.M.]

———ach, -aiche, *a.* Having corners. 2 Skirted. 3 Plaited. 4**Having a coif, like a coif.

beannaich, *pr. part.* a' beannachadh, *v. a.* Bless, invoke a blessing. 2 Salute, hail. Na beannaich dha, *do not salute him*; Dhia beannaich sinn! *God bless us!*

———idh, *fut. aff. act.* of beannaich.

———te, *a. & pt. part.* of beannaich. Blessed. 2 Saluted. 3 Holy. 4 Happy. Is beannaicht' an duine, *blessed is the man*; tha thu a' fàs beannaichte, *you are getting holy* (a remark frequently made in derision when the person addressed refuses to join in such as a Highland reel or a game of shinty, because he pretends that it is wicked to do so!)

†**beannam**, *v.a.* I steal, or thieve.

beannan, -ain, *s.m.* Little hill.

bean-nighe, see bean-nigheadaireachd. 2 (JM) Female wraith of very small stature believed to be seen or heard at a loch or burn washing clothes when some person in the neighbourhood was about to die.

bean-nigheachain, see bean-nigheadaireachd.

bean-nigheadaireachd, *s. f.* Washerwoman, laundry-maid.

bean-nighidh, see bean-nigheadaireachd.

beannta, *n.pl.* of beinn. A bheannta! *voc.pl.* of beinn.

beanntach, -aiche, *a.* Hilly, mountainous. 2 Rocky. 3 Pinnacled.

———d, *s.f. ind.* Hilliness, mountainousness. 2 Steepness.

beanntainn,†† *s.m.* Mint. see meannt.

———-dige,†† -e-, *s.m.* Wild mint

beanntair,* *s.m.* Monntaineer.

beanntan, *n. & dat.pl.* of beinn.

bean nuadh-phòsda,‡‡ *s.f.* Bride.

beannuchadh, see beannachadh.

beannuich, see beannaich.

———te, see beannaichte.

bean-òsta, *s.f.* Hostess.

bean-ridir, see ban-ridir.

bean-sìdh, see ban-sith.

bean-shùbhlaidh, *s.f.* Woman in child-bed.

b an-shnìomhaich,‡‡ *s.f.* Spinster, (i.e. female spinner, not necessarily an unmarried woman.)

bean-sithe, *s.f.* see ban-sith.

bean-striopachais, *s. f.* Fornicatress. 2 Adultress.

beantag,‡‡ -aig, -an, *s f.* Corn-fan.

bean-taighe, *s.f.* House-wife.

beantainn, *s.m.* Touching, act of touching. A' b—, *pr.pt.* of bean.

bean-tuath, see ban-tuathanach.

bean-uasal, *s f.* Lady, gentlewoman.

†**b anughadh**, *s.m.* Recovering.

bean-uibe, (AC) *s.f.* Witch.

†**bear**, bir, see bior.

†**bear**,** see beithir.

†**beara**, *s.m.* Judge.

———ch,* *s.f.* Dog-fish. see gobag.

———cnd, *s. f.* Judgment.

bearaideach, -eiche, *a.* Having means—J.M. 2(AH) Rude, derisive, sarcastic, ready to apply nicknames to other people. 3 (D.M.) see biorraideach, & bearraideach. Cha'n 'eil e bearaideach, *he is without means*; a mhilid ibh bearaideach; *ye agile warriors!—Filidh nam beann, p. 67.*

†**bea am**, *v.a.* see beir.

†**bearan**, -ain, *s.m.* Young man. 2 Pin. 3 see bioran.

bearbh,** *v.a. & n.* Seethe. 2‡‡Melt.

———adh,‡‡ -aidh. *s.m.* Seething boiling. 2 melting. A' b—, *pr.part.* of bearbu.

———ain, *s.f.* Vervain.

† ———air, *s.m.* Refiner of metals.

†**bearg**, *s.m.* Anger. 2 Champion.

†———achd, *s.f.* Diligence.

†**beargnadh**, *s.f.* Vernacular language of a country.

bearla, see bourla.

bearn, -eirn & -eairn, *pl.* bearnan, *s.f.* Breach, fissure, gap, aperture. 2 Cranny, crevice. 3 Ellipsis in *gram.* (written thus, * * * or ———) 5**Separation. Troimh i bearnan nan neul, *through the fissures of the clouds*; le bearnaibh, *with breaches.*

———, *v.a.* Notch. 2 Hack. 3 Make a gap or breach.

———ach, -aiche, *a.* Abounding in gaps or breaches. 2 Notched. 3 Hacked. 4 Having or causing, fi sures, apertures, clefts, or openings. 5 Having broken teeth. 6**Chopped. An sgiath mheallach bhearnach, *the bossy scalloped shield.*

———ag, -aig, -an, *dimin.* of bearn.

———an, *n.pl.* of bearn. 2 *dimin.* of beàrn. 3 ‡‡Person with broken or uneven teeth.

beàrnan-Bealltuinn,§ Marsh-marigold. see a' cnorrach shod.

———-beàrnach, Dandelion. see beàrnan-Brìde.

———breac,§ Milk-thistle. see fothannan breac.

———-Brìde, *s.m.* Dandelion—*taraxacum dens leonis.*

37.Bearnan-Bride.

beàrn-mhìol, *s.m.* Hare-lip.

†beàrr, *a.* Short, brief.

beàrr, *v.a.* Shave. 2 Shear, clip, crop, curtail, prune. 3 Taunt, gibe.

———a, -an, see bearradh.

———adair, -ean, *s.m.* Barber, hairdresser. 2 Critic. 3 Shearer. 4 Giber. Ealtain bearradair, *a barber's razor.*

———adaireachd, *s.f.* Occupation of a barber. 2 Shearing, clipping, cropping. 3 Carping, criticizing. 4 Satirizing, gibing.

bearradairean, *pl.* of bearradair.

bearradan,†‡ -ain, *s.m.* Scissors. 2 Snuffers.

———dh, -adh, -aidhean. *s.m.* Cutting, as of hair or any other crop. 2 Shearing, clipping, lopping, pruning. 3 Shaving. 4 Spear, dart. 5 Short hair. 6 Cut, slice, shred, segment, fragment. 7**Sharp-pointed instrument. 8 ††Mountain ridge. 8‡‡Precipice. 9‡‡ Tripping along. A' bearradh, *pr.pt.* of bearr. Dean do bhearradh, *shave thyself* a' bearradh na mòine, *paring the peat-moss*; a' bearradh a' bhuntata, *cropping the potatoes*; a' bearradh nan craobh, *pruning the trees*; a' cromadh le bearradh a' chuuic, *stooping* (as a hawk at full speed: *down the slope of the hill.*

bearrag, -aig, *s.f.* Razor.

bearraiche, -an, *s.m.* see bearradair.

bearraideach, -eiche, *a.* Light, nimble, actfve. 2 Flighty, giddy. Gu bearraideach, *lightly.*

———d,* *s.f.* Flightiness, giddiness, lightheadedness.

bearranach,** *a.* Miserable, mournful.

bearra-phlub,** *s.m.* Roundhead.

bearrchasach, -aiche, *a.* High-mettled, of ardent spirit.

bearr-sgian, -éine, -sgéinean, *s.f.* Pruning-knife. 2 Razor.

bearrta, *pt. part.* of bearr. Shaved. 2 Cropped, clipped, pruned, shorn. An treud bhearrta, *the shorn flock.*

bearrtach,** *a.* Shaving. 2 Cropping, clipping, pruning. 3 Carping. 4 Fond of cropping, clipping, or pruning.

bearrthach, see bearradair.

bearrthag,†‡ -aig, -an, *s.f.* Razor.

beart, beairt, *pl.* beairt [& bearta] *s. f.* Machine, engine. 2 Loom, frame. 3 Deed, work, exploit. 4 Harness, yoke. 5 Burden. 6 Shrouds, tackling of a ship. 7 Sheath, scabbard. 8 Bundle, truss. 9 Clothes. 10 ‡‡Appendages of any kind. 11‡‡Threatening. †12 Game at tables. †13 Judgment. †14 Covenant, agreement. A bhearta iongantach, *his wonderful works*; bearta treubhantais, *feats of valour*; cóig luingis fo'm beart, *five ships in full equipment*; a lann fo bheart, *his sword in the scabbard*; ar siùil is ar bearta, *our sails and our shrouds*; eige anns a' bheart, *a web in the loom*; dà steud fo bheart, *two steeds in harness*; beart-dheiridhdialta, *a crupper*; cuiridh aon bheart as gu lòm gu duine is gun a chonn fo chéill, is cuirìdh beart eil' e anu, ach a gabhail 'na h-àm, *one deed may a man undo when his reason ruleth not, and a step may set him up, if taken in due time.*

———ach, -aiche, *a.* Rich, wealthy. 2 Of, or belonging to, a machine. 3**Sheathed. 4** Like a sheath or scabbard. 5††Too much. Duine *b., a man of deeds, one rich in works,* also *a rich man.*

beartachadh, -aidh, *s.m.* Beaming, putting warp in the loom. A' b—, *pr. part.* of beartaich.

———aich, *v.a.* Equip, adjust. 2 Yoke, harness. 3 Prepare, make ready. 4 Brandish, flourish. 5**Begin. 6**Enrich. 7**Meditate. 8 Put a web in the loom. 9 Provide with tackling. Bheartaich e a charbad, *he yoked his chariot.*

beartail, -e, *a.* Well-furnished.

beartair, *s.m.* Brandisher. 2** Achiever.

beartar,** -air, *s.m.* Stroke, shot, cast.

beartas, -ais, *s.m.* Riches. 2 Honour. 3 Abundance. Beartas is urram, *riches and honour.*

beart-chogaidh, -airt-, *s.f.* Arms.

beart-deilbh, *s. f.* Warping sticks. see crann deilbh.

beart-éididh, *s.f.* see b—-fhigheadaireachd.

beart féin-ghluasad, -airt-, *s.f.* Automaton.

beart-fhighe, see beart-fhigheadaireachd.

beart-fhigheadaire chd, -airt-, *s. f.* Weaver's loom, (see illustration 38.) The parts of a weaver's loom are named as follows:

1 Beart—*Barra.* Frame.
2 Crann snàth, garnau shnàth—Yarn beam.
3 Crann aodaich, garnan aodaich—Cloth beam.
4 Maide teannaidh.—*Barra.* Beam (or weights) to keep threads of warp tight.
5 [1]Acfhuinn, iomallan,— Heddles.
6 Ullagan,—*Barra.* Batten.
7 Croinn chas, greallagan, cranna cas, cliath, casan, casa-chean, *Barra, Skye.&c.,*)—Treadles.
8 Spàl, [**smol]—Shuttle.
9 Iteachan, boban—Bobbin.
10 Bàrran,—Points.
11 Snàth,—Thread.
12 [1]Slinn, - Sleay.—Reed. The "slinn" is formed of 4 frames of reeds placed close to each other, the degree of closeness being in proportion to the texture of cloth to be woven. It is surmounted by a moveable smooth board called
13 Slinn-chlàr,—Sleay-board.
14 Sliasd, sliasdan,**—Ledge.
15 Dlùth—Warp.
16 Inneadh. Inneadh. Cuirreadh—*Lewis.* Uachdar—*Barra.* Woof.
17 Snéideagan,—Heddle-bar.
18 Eige, Clò—*Barra.* Web.
19 Garman-uchd—*Argyll.* Sliseag-uchd—*Hebrides.* Breast-beam, (square beam at weaver's breast when sitting at the loom.)
20 Mogul,—Heddle-eye, mesh.
21 Sliosan,—Plates.
22 Uchd suidhichte,—Standing back.
23 Uchd crochta,—Hanging back.

OTHER WEAVING TERMS.

Ceithir-chuairt, 4-ply.
Cuidheall-iteachan, Wheel on which bobbins are filled.
Cuibean, Knots of the warp, tied to a

[1] Nos. 5 & 12 together, *acfhuinn meadhon.*



33. Beart-fhigheadaireachd.

small rod before beginning to weave.
Dà-fhillt, Twill, double ply.
Dealg, Thin piece of wood or reed, put through the reed (iteachan.)
Earrach (an), Stick with a nail in each end for keeping the cloth stretched broadways as it is woven.
Faochagan,** see fuigheagan.
Fuigheagan, Tnrums (threads that fasten the last end of web.)
Iteachan, Reed.
Luigheagan, Thrums (the threads that fasten first end of web.)
Maide-leigidh. Turning-stick.
Riaghailt, is for spreading the thread before putting it in the loom.
Rolagan, Rowans, rolls of wool after leaving the cards.
Teannadh, is a 2-pointed piece of wood put at the edge of the cloth as it proceeds (the sleay is brought against it) to make the cloth firm.

†beartha, *a.* Clean, fine, nice, genteel. 2‡‡ Sharp, piercing. 3‡‡Boiled.
†beartrach, *s.f.* Pair of tables. 2 Chess-board.
beart-thuairneir, *s.f.* Turner's lathe.
——— -treabhaidh, *s.f.* Plough.
——— -uchd, *s.f.* Poitrel.
†beas, *a.* Certain, correct.
†——, *s.m.* see beus. 2 *s.f.* Speech, dialect.
beasan,‖ -ain, *s.m.* Adder's tongue fern. see lus na nathrach. 2**Gaelic spelling of *basin.*
†beas-chon, *s.m.* Syllogism.
†beascnaghadh, *s.m.* Agreement, accommodation.
†beascnaich, *v.n.* Confederate, agree, accommodate.
†beascnaidh, *v.n.* Agree, accommodate.
†beasg, *s.f.* Prostitute.
†———nadh,** -aidh, *s.m.* Speech, dialect. 2 Peace.
†beastan, *s.m.* Grievance.
beath, *s.f.* see beith. 2**Blood.
beatha, -annan, *s.f.* Life. 2 Victuals, food. 3 Livelihood. 4 Welcome, salutation. 5 see beithir. Is amhuil aisling ar beatha, *our life is like a dream*; gheibh e a bheatha, *he will get his livelihood*; do bheatha-sa, a ghaisgich ! *you are welcome, O hero!* dean a bheatha, *welcome him*; is e slainte do bheatha e, *you are quite welcome to it;* fad làithean a bheatha, *all the days of his life*; bhur beatha an dùthaich. *your welcome to the country*; an e mo bheatha ? *am I welcome ?* bheir duine beatha air éigin, ach cha toir e rath air éigin, *a man may force a livelihood, but he cannot force success.*
beathach, -aich, *s. m.* Beast, animal. 2** *strictly speaking* any living animal. 3 Never applied, but by way of reproach or pity, to a human being. A bheathaich bhochd ! *poor creature !* a bheathaich mhi-mhodhail ! *you impertinent brute !* [McL & D. says "sometimes applied to persons as a term of affection]
beathachadh, -aidh, *s.m.* Living, benefice,

maintenance, livelihood. 2 Food, nourishment, sustenance. Air son beathachaid , *for food* ; fhuair am ministear òg *b., the young minister obtained a benefice (living.)* A' b—, *pr. part.* of beathaich. Supporting, maintaining, feeding.

beathachail,** *a.* Alimental.

beathachair,** *s.m.* Animator.

beathachan, -ain, -an, *s.m.* Little animal. Mo *bh.* gaolach, *my dear little creature.*

beathachan-feòir, (AF) *s.m.* Lesser shrew.

beathadach,** -aich, *s.m.* Beaver.

beathag, -aig, *s.m.* see beach. 2 see beith. 3(AC) *s.f.* ? Breath. 4(AF) *prov.* Bird.

beathaich, *pr.part.* a' beathachadh, *v.a.* Feed, cherish, nourish, maintain, support. 2 Welcome, salute. Bheathaich e a' chuid eile, *he fed the rest* ; *b.* mo chaoraich, *feed my sheep* ; *b.* thusa mis' an dingh, agus beathaichidh mise thus' am màireach, *you feed me to-day, and I will feed you to-morrow.*

———ean, *n.pl.* of beathach.

———idh, *fut. aff. a.* of beathaich.

———te, *pt.part.* of beathaich. Fed, nourished, maintained, supported. 2 Welcomed.

beathail, *a.* Lively, vigorous, vital, pertaining to life.

beath'-aile,** *s.f.* Vital air, oxygen.

beathain,** *s.* Income.

beathair, see beithir.

beathalach, *a.* Lively, sprightly. Gu *b.*, *lively.*

———d, *s.f.* Liveliness, sprightliness. 2 *Vitality.

beathan,** -ain, *s.m.* Diet.

———an, *for* beathannan.

———nan, *pl.* of beanna. Victuals.

beath'-eachdraiche,** *s.m.* Biographer.

beath'-eachdraidh, *s.f.* Biography.

†beathnan, (AF) -ain, *s.m.* Bee.

†beathoglach, *s.m.* Beaver.

†beathra, *s.m.* Water.

† ———ch, *gen.sing.* of beithir

† ———cha, Pertaining to a serpent or (2) a skate.

†eathraichean, *pl.* of beithir.

†beic, *s.m.* Beak, bill of a bird. 2 Point.

beccra-leacra, *s.m.* Juniper. see aitionn.

beic, -e, -eannan, *s.f.* Courtesy. Dean *b.*, *make a courtesy.*

——,‡‡ *pr.part.* a' beiceil, *v.n.* Courtesy.

——, *s.f.* Point, nib. 2 Bill of a bird.

béic, *s.f.* see beuc.

beiceadaich, (AG) *s.f.* Courtesying.

——eadh, see beucaich.

beiceil, *s.f.* Making obeisance, courtesying, bobbing. 2 Frisking. Ciod a' bheiceil a th'ort ? *why do you bob so ?* A' b—, *pr.part.* of beic.

béiceil, -il, see beucail.

beiceis,* *s.f.* see beiceil.

———each, -eiche *a.* Bobbing, courtesying. 2 Skipping, hopping. 3 Frisky.

†beich-aire, *s.f.* Bee-hive.

beichd, see beic.

†beichneal, *s.m.* Gavel kind, (a form of law still observed in Kent.)

beicil,‡‡ *gen.sing.* of beiceil.

beic-leumnach, *a.* Prancing, skipping, hopping, curvetting.

———d, *s.f.* Dancing, skipping, hopping.

†beid, *for* bithidh iad.

† ——eadh, *s.m.* Patching.

beideal,** Gaelic spelling of *beadle.*

béidh, *gen. sing.* of biadh.

beidhdh, (AF) Lamprey (fish.)

†beidse, *s.f.* see turus.

beigleid, see beigneid.

beigneid, -ean, *s.f.* Gaelic spelling of *bayonet.*

beil ? *for* am bheil ? see bi.

——, *v.a.* see meil. 2††see bleith.

béil, incorrect form of beòil.

†beil, *s.f.* Diet, meal of meat.

beilbheag, -aig, see meilbheag.

———ach, see meilbheagach.

beilbhean-ruadh, -ein-ruaidhe, *s.m.* Frog. 2 see bealbhan-ruadh.

beile,* *s.m.* Bridle-bit.

beileach,* *s.f.* Muzzle for a horse, or other animal.

beileag,* *s.f.* —*Lewis*, for beileach. 2*Outer coating of a birch-tree.

†beileam, *s.m.* Taunt, reproach.

beileaman-ruadh, see bealbhan-ruadh.

béil'eau, -ein, *s.n.* Mouth, prattling mouth, little mouth. 2**Prattling. 3 Prattling person. 4 Futility. 5‡‡ Quick scolding. Ciod a' *bh.* a tn' ort ? *why do you prattle so ?*

———ach, *a.* Garrulous, prattling, loquacious, talkative, petulant.

———,* *s.f.* Prating, garrulous female.

———achd, *s.f. ind.* Garrulity, talkativeness, loquacity, petulance. Is ann ort tha a' bhéileamachd ! *how you do prate !*

beileich,* *v.a.* Muzzle, stop impertinent talk.

beilgeag, (AF) *s.f.* Small trout.

béilleile,** -achan, *s.f* Kettle, caldron.

béilleach, *a.* Blubber-lipped, having thick lips.

———achas, -ais, see beilleachd.

———achd, *s.f.* Deformity of blubber-lips.

beilleag, -eig, -an, *s.f.* Rhind, outer covering, especially of a birch-tree.

beillean,** *s.m.* Contumely, reproach.

beilt,** -e, Gaelic spelling of *belt.*

†beim,‡‡ *s.m.* Tribe, stock, generation. 2 Help. 3 Blemish, spot. 4 Oppression reproach. 5 Gaelic spelling of *beam.* 6 *gen. sing.* of beum.

béim-cheap, -chip, *s.m.* Whipping-post.

béime, *gen.sing.* of beum.

béimeach, -eiche, *a.* see beumach.

†beimis, *for* bitheamaid (let us be.)

béimneach, -eiche, *a.* Talkative, loquacious.

†beinnead,‡‡ -eid, *s.m.* Furious suiter.

béin, *gen.sing.* of bian. Clogaid béin an ruaidhbhuic, *a helmet of roe-buck's skin.*

beinc, see being.

†beinc, *s.f.* Separation, partition, disjunction.

†beine, *s.m.* Champion. 2 Evening.

beinean, -ein, *s.f.* Little woman.

being, -e, -eannan, *s.f.* Bench. 2 Side bench or plank of a bed. 3**Bank.—*Islay.*

——— -bhreith,‡‡ -e- -eau-breith, *s.f.* Bar of judgment.

beinge, *Uist* for being.

beingich,** *v.a.* Bench.

beingidh,* *s.f.* see being.

beinn, *s.f. irreg.* Mountain, hill. 2 Pinnacle. 3**Bin. 4‡‡Head, top, high place. Declined thus :—

Nom.Sing.	beinn,	*Plur.*	beanntan,
Gen.	beinne,		beann,
Dat.	beinn,		beanntan,
Voc.	a bheinn !		a bheanntan !

Mar an ceò thuil air a' bheinn, *as the distant mist on the hill.*

beinne, *gen.sing.* of beinn.

beinneach, *a.* Full of mountains or hills.

beinneagaich,** *v.n.* Carol.

†brìondath, *v.a.* Counterfeit, forge, imitate.

brionglaid, -e, -ean, *s. f.* Confusion, wrangling, disagreement. 2**Dream. 3**Reverie.

brionglaideach, -eiche, *a.* Causing trouble, confusion or mischief. 2 Squabbling, wrangling, quarrelsome. 3**Dreaming.

brionglaideachd,** *s. f.* Chicanery. 2 Quarrelsomeness.

brionglaidich, *v.a.* Cause trouble or embarrassment.

brionglaidiche,* *s.m.* Chicaner.

†brionn, see †brion.

brionn,†† *s. f.* Prettiness.

brionn, *a.* see brionnach.

———ach, *a.* Pretty, comely, fair. 2 Flattering. 3 Lying. [‡ *from* †brion] 4 Striped with various colours. [‡ *from* Eng. *brinded*, now *brindled.*] 5 Shining, glittering.

brionnachd, *s. f.* Prettiness, comeliness. 2 Flattery. 3 Falsehood. 4 Glitter. 5 Variety of colours.

brionnag, -aig, -an, *s. f.* Glitter. 2(JM) Flattering woman. (see note under breunag.) Bha 'n Tràigh-bhàn 'na brionnagan, *the white*

shore was glittering.

brionnal, -ail, *s.m.* Flattery, fawning, sycophancy. 2 Caressing, toying, flirting. Ni e brionnal, *he will flatter ;* ri brionnal, *flirting.*

brionnalach, -aiche, *a.* Flattering, fawning, sycophantic. 2 Toying, flirting.

brionnalachd, *s. f.* Habit of flattering or fawning, sycophancy.

brionndal, -ail, see brionnal.

brionndalach, see brionnalach.

brionn-shuil, -ula, -ean, *s.m.* Bright, lively eye.

brionn-shuileach, -eiche, *a.* Having bright, quick eyes.

brios, -a, *s.m.* Mockery, derision. 2*Half-intoxication, "breeze."

briosagnaidheachd,** *s. f.* Sophistry.

briosaid, -ean, *s. f.* Belt, girdle. 2* Witch, sorceress.

briosaideach, *a.* Belted, girdled. 2 Like a belt or girdle.

briosag, -aig, -an, *s. f.* Witch, sorceress.

†**briosargnaiche**, *s.m.* Sophist.

†**briosargnaidhe**, *s.m.* see †briosargnaiche.

†**briosarguin**, *s.f.* Sophistry.

briosg, *pr.part.* a' briosgail & briosgadh, *v.n.* Start, leap, jerk, move suddenly or quickly through surprise, fear, or joy. 2* Quicken, come alive, as a child in the womb. 3 Crumble. 4* Quiver, as the flesh of an animal immediately after being slaughtered.

briosg, -a, -an, *s.m.* Start, leap, sudden movement, emotion of joy, fear, or surprise. 2 Breve, short mark over a letter in *gram.* 3 ** Very short space of time, instant. 4‡‡ Bony part of the mouth.

briosg, -a, *a.* see brisg. 2‡‡Pressed.

briosgachd, see briosgarrachd.

briosgadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Starting, sudden motion, leap, springing, jerking. 2 Briskness. 3 Very short space of time. A' b—, *pr.part* of briosg.

briosgaid, -ean, *s. f.* Gaelic spelling of *biscuit.* [‡ by folk-etymology made to agree with *brisg*, brittle.]

briosgaideach, *a.* Abounding in biscuits.

briosgaid-mhara,‡‡ *s.f.* Sea-biscuit.

briosgail,* *s.f.* Sudden start or movement. 2 Quickening, state of coming alive. A' b—, *pr.pt.* of briosg.

briosganta, *a.* see briosgarra.

†**briosgarnach**, *a.* Crackling.

†**briosgarnachd**, *s. f.* Crackling.

briosgarra, *a.* Brisk, lively, active, ready, willing. 2 Apt to jerk or start.

briosgarrachd, *s. f.* Alacrity, activity. 2 Readiness, willingness.

briosgartaich,* *s. f.* Starting or jerking movement, as the flesh of an animal newly-flayed. 2 Starting, moving.

briosg-ghloir, -e, *s. f.* see brisg-ghlòir.

briosg-ghlòireach, *a.* see brisg-ghlòireach.

briosglach, *a.* Frank.

briosgan,‡ *s.m.* Silverweed, see brisgean.

briosog, -oig, -an, see briosag.

briosnurneach, -eiche, *a.* Ludicrous. 2‡‡Hairy. 3 Muffled up.

†**briot**, *a.* Speckled, spotted, piebald.

briot. *s.m.* [**s.f.*] see briotal.

†**briotach**, *a.* Stammering. 2 Chattering, talkative, prone to tattle, prattling.

briotachan, -ain, *s.m.* Prater, tattling fellow.

†**briotaire**, *s.m.* Stammerer.

briotal, -ail, *s.m.* Chit-chat, tattle, small talk. 2 Flattery. 3 Sound made by birds in pursuit of the fry of fish. 4 Meeting or company where everyone is speaking. 5**Caressing.

†**brioth**, *s.m.* Fraction.

bris, *v.a.* Break, fracture, splinter. 2 Burst. 3**Break forth. 4 Exclaim. 5 Become insolvent. 6**Back. Bhris fàire air monadh nan sruth, *the dawn broke on the mountain of streams ;* bhris le guth a gràidh an òigh, *the maid exclaimed with her voice of love ;* bhris e a shleagh, *he broke his spear ;* bhris e, *he failed* ["bhris air" is a better form, and the one in common use all over the W. Isles—JM] brisidh an aimsir, *the weather will turn to rain.*

brisd, *v.a.* see bris.

brisde, see briste.

brisdeach, see briseach.

brisdeadh, -didh, see briseadh.

briseach, -eiche, *a.* Brittle, apt to break. 2 Interrupted, broken. 3 Confused, inarticulate. 4**Glimmering. 5**Splintering. 6**Anfractuous. Solus briseach nan reultan, *the broken light of the stars.*

briseachd, *s. f.* Anfractuousness. 2 Brittleness.

briseadair,‡‡ -e, -ean, *s.m.* Infringer.

briseadh, -s:dh, -sidhean, *s.m.* Breaking, splintering. 2 Bursting. 3 Break, breach, fissure. 4 Act of breaking. 5 Failure, insolvency. A' b—, *pr.pt.* of bris. Luchd-brisidh mhionn, *breakers of oaths* ; briseadh air bhriseadh, *breach upon breach ;* briseadh air son brisidh, *breach for breach*; troimh bhriseadh nan neul, *through the opening of the clouds.*

briseadh,** *3rd pers.sing. & pl. imp.* of bris.

———— -céille, *s.m.* Derangement of mind.

———— -creideis, *s.m.* Bankruptcy.

———— -cridhe, *s.m.* Heart-break, over-powering sorrow, grief, pain, affliction, vexation, continued cause of vexation, dejection of mind. 2**Discouragement.

———— -a-mach, *s.m.* Eruption. 2 Outbreaking of any kind. 3 Rebellion.

———— -pòsaidh,(AM) *s.m.* Adultery.

brisg, -e, *a.* Brisk, lively, agile, active, clever (in Scots sense.) 2 Brittle. 3 Tender, as flesh. 4 Mettlesome, as a horse. 5 Alert, ready. 6 Not stingy, as a person. 7**Hasty.

brisg, *v.n.* see briosg.

brisg-bhuille, *s.m.* Smart blow, sudden quick blow. 2**Jerk.

brisge,* *s.f.* Readiness, aptness. 2 Activity, animation. 3 Tenderness. 4 Brittleness.

brisgeachd,* see brisge.

brisgead,* see brisge.

brisgealachd, see brisge.

brisgean, -ein, -einean, *s.m.* Cartilaginous part of a bone. 2 The part of tripe called brisket or gristle. 3‡Silverweed, white tansy,—(*lit.* the brittle one)—*potentilla anserina.* 4**Wild skirret—*sium sisarum. B.* milis, *the sweet-bread of any creature.* 5**Moor-grass.

80. Brisgean (3)

———ach, *a.* Abounding in gristle, like gristle, gristly. 2 Abounding in silver tansy.

———ach,** -aich, *s. f.* Crackling, rind of roasted pork.

brisg-gheal, -ile, *a.* Limpid, clear, transparent.

brisg-ghlòir, *s. f.* Quick utterance, gabble, prattle, loquacity.

————each, *a.* Garrulous, talkative, forward, pert, prating.

brisg-phunc, *s.m.* Crotchet in *music.*

†**brisleach**, *s. f.* Overthrow of an army. 2

Breach.
brislean, -ein, -an, *s.m.* Silverweed, see brisgean.
———ach, *a.* Abounding in, or like, white tansy or silverweed.
brisneach, *a.* see briogaiseach.
brisnean, *pl.* of briogais.[Used only in poetry.]
brist, *v.a.* see bris.
briste, *a.* & *past part.* of bris. Broken. 2*Made a bankrupt, insolvent. 3 Bruised. 4 Wounded. 5**Splintered. Tha mo chridhe briste, *my heart is broken* ; is e iobairt Dhé spiorad briste, *the sacrifice of God is a broken spirit* ; a ghàirdean air clàrsaich bhriste, *his arm on a broken harp* ; fear briste, *a bankrupt.*
briste, *for* brisdeadh, see briseadh.
bristeach, see briseach.
bristeadh, *s.m.*& *pr. part.* of bris, see briseadh.
bris-thraisg, *s. f.* Breakfast.
brith, -e, *a.* see bruich.
†brith,** s. see breith & breitheamh.
†britheaghlaidh, *a.* Kind, gentle.
britheamh, -eimh, -han, *s.m.* see breitheamh.
†britinneas, *s.m.* The measles.
†briuin, *s. f.* Helmet.
†brò, *a.* Old, ancient, antique. 2‡‡Much,many.
†bro, *s.m.* Champion. 2 Quern, handmill, see brà. 3** Grinding stone.
†broar,‡‡ *s.m.* Fault, error.
†bròas, *s. f.* Old age.
brobh,† *s.m.* Sea-scirpus or round-rooted bastard cypress—*scirpus maritimus.*
brobhadan,** -ain, *s.m.* Grasshopper.
†broc, *a.* Grey, dark grey.
broc, -ruic, *s.m.* Badger, "brock."
brocach, -aiche, *a.* Speckled, freckled, spotted in the face, pock-marked. 2 Greyish in the face. 3 Like a badger. 4 ‡‡Ill-scented. 6‡‡ Dirty. 7**Odious.
bròcail, *pr.part.* a' bròcladh, *v.a.* Mangle, spoil-disfigure, lacerate.
brocair, -e. -ean, *s.m.* Fox-hunter, badger-hunter, destroyer of vermin in the Highlands.
———eachd, *s. f.* Fox-hunting, badger-hunting, vermin-hunting.
brocanta, *a.* Shy, like a badger.
———s,** -ais, *s.m.* Shyness.
bròchail, *pr.pt.* a' bròchladh, *v.a.* see bròcail.
brochaill, *s.m.* Banner of Gaul, son of Morni.
brochan, -ain, *s.m.* Porridge. 2 (*Skye, &c.*) Pottage, gruel. Deoch bhrochain, *gruel* ; sodar bhrochain, *thick gruel* ; a' phoit bhrochain, *the porridge-pot* ; agus bhruich Iacob brochan, *and Jacob made pottage* ; brochan tiugh, *porridge* ; brochan tana, *gruel* ; brochan bainne, *milk porridge* ; brochan feòla,*gruel of flesh juice* ; brochan liath, *milk gruel* ; chlisg am brochan nach d' òl mi, *the porridge that I have not sipped trembled*—a far-fetched way of making known that one has got a very bad fright—*Mull* ; brochan reamhar, amh do na gillean, brochan tana, bruich do na h-igheanan, *for the boys, porridge thick and raw,for the girls. well-boiled and thinner far,—Uist.*
brochanach, -aiche, *a.* Gruelly, of, or belonging to gruel or porridge. Bi gu curraiceach, bròcach, brochanach 'sa Gheamhradh, *be well capped, shod and fed in winter.*
brochan-bainne,* *s.m.* Milk porridge.
brochan-cruithneachd,* *s.m.* Flummery.
brochan-ghall-pheasair,* *s.m.* Lentil porridge.
brochan-leanna, *s.m.* Ale-berry.
brochd, *s.m.* see broc.
———ach, see brocach.
brochlach,* *s. f.* Woman.
bròchladh, see bròcladh.
bròchlaid, -e, -ean, *s. f.* Trash. 2 Mixture of different meats.
broclach, -aich, *pl.* -aichean [**-aich] *s.f.* Warren. 2 Badger's den. 3††Fox's den.
bròcladh, -aidh, *s.m.* Spoiling, mangling, wasting. A' b—, *pr.pt.* of bròcail.
broc-lann, -ainn, *s.m.* Badger's den. 2 Den of wild beasts. 3 Cavern. 4*Any stinking place.
broc-luidh, see broc-lann. Tha broc-luidh aig na sionnaich, *the foxes have holes.*
bròcuil, see bròcail.
bròd, -oid, *s.m.* Pride, arrogance, haughtiness. 2**Chastisement. 3 Land—*Mull.* 4 Brood, crowd, band, swarm.—*Argyll.* 5 Children, the rising generation. Féin-spéis agus bròd, *self-conceit and arrogance* ; bròd-gheadh, *a goose that has a brood, a dam.*
brod, bruid, brodan, *s.m.* Goad. 2 Prickle,sting. 3 Choice of anythig. 4 Best quality of grain or of any other article. 5 Lid. 6 Small board. 7*Box handed round a church to collect alms. 8 Pintle of rudder or stern-post, see bàta O7. p.73. 9(DU) Awl. Brod an t-sìl, *the best part of the corn* ; brod na poite, *the lid of the pot* ; brod an taighe, *a splendid house.*
†brod,‡‡ *s.m.* Spot, blemish.
brod, *pr.pt.* a' brodadh, *v.a.* Stir up, rouse, stimulate, goad, sting, excite. 2* Level or smoothe land with a spade after the first ploughing. 2‡‡Pick or separate the best parts. 3(DU) Stir up in search of anything.
——ach, -aiche, *a.* Stimulant, tending to enliven, stirring up. 2 Goading, prickling.
bròdach, *a.* In crowds, in swarms. 2**Arrogant.
brodadh, -aidh, *s.m.* Goading, spurring, stimulating, stirring up, urging. 2 Compelling. 3 Searching. 4*Levelling land. 5 Poking. 6**Winnowing. A' b—, *pr.pt.* of brod.
†bròdail, *a.* Proud, arrogant, conceited, forward. Tha e cho bròdail ris a' mhac mhallachd, *he is as proud as Lucifer.*
bròdalachd,* *s. f.* Arrogance, haughtiness, extreme pride.
brodann,†† *s.m.* Goad, prickle. 2 Staff.
brod-ghaineamh, -eimh, *s.m.* Gravel.
brodaiche,* *s.m.* Bodkin.
†brodh, *s.m.* Straw, stem. 2 Atom. 3 Point, spot.
brodhach, -aiche, *a.* see brothach.
†brodhag, *s.f.* Bosom, fold of the breast clothes.
brodh-bràighe, *s.m.* Common rush, see luachair.
brod-griasaich,(JM) *s.m.* Poker. Dheanadh a fiaclan *b.* 'sa ghealbhan, *her teeth (are so long that) they would make a poker for the fire.*
brod-iasg, -éisg, *s.m.* Needle-fish. 2 Sword-fish.
brod-leabag,(AH) *s.m.* Spear for killing flounders.
brod-teine, *s.m.* Poker.
brodunn, -uinn, *s.m.* see brodann.



81. Seann bhrògan Gàidhealaich.

bròg, -òige, brògan, *s.f.* Shoe. 2 Hoof. 3 *By a fig-*

ure of speech, Foot. 4 Sorrow. 5 DU Fish's roe—*Gairloch, Loch Broom, &c.* [The Highland *bròg* was made of a piece of raw hide with the hair turned outwards and tied before and behind with a thong.] Cuir ort do bhròg*an, put on your shoes* ; bròg an eich, *the hoof of the horse;* buaildh e bròg ort fhathast, *you will feel the bad effects (sorrow) of that again;* bhuail an t-earrach seo bròg oirnn, *we have felt the sad effects of this untoward spring* ; o mhullach gu bròg, *from head to foot* ; bròg*an* air a' chat ! na'm bitheadh na h-osain air, rachadh e á cnàimn na h-amhaich, *the cat with shoes on ! had he the hose on, he would break his neck (with conceit)* —said of a conceited person who has little to be conceited about ; bròg a' chroinn, *a mast-step* (see bàta, p. 76) ; bròg gun deireadh, *a sandal,* or *skipper* ; bròg*an* tionndaidh, *shoes turned inside out after being sewn* ; bròg truisg, *cod's roe.*

†brog, *s.f.* House.

brog, see †borg & brugh.

†bròg, *a.* Sorrowful.

brog, *pr.pt.* a' brogadh, *v.a.* Spur, stimulate, goad.

——, -oig, -an, *s.m.* Shoemaker's awl. 2 Probe, poker.

brogach, -aiche, *a.* Sturdy. 2 Lewd, filthy, nasty. 3 Spurring, goading, stimulating.

bròg*ach*, -aiche, *a.* Shod, wearing shoes. 2** Having large shoes. 3** Strong-hoofed, in which sense it is applied to one of Cuchullin's horses.

brogach, -aich, *s.m.* Sturdy little boy. 2 Young lively lad—*Provin.*

†bròg*a*chadh, *s.m.* Approaching.

brogadh, -aidh,** *s.m.* Goading, stimulating. 2 Conciliation.

bròg*ag*, *s.f.* Little shoe.

bròg*ag*-na-cu'aig, see bròg-na-cubhaig.

bròg*aich*,* *v.a.* Shoe, supply with shoes.

brogaich, *v.a.* Approach, come near to. 2‡‡ Dig.

brogaidh,** *s.m.* & *f.* Name given to a cow that puts with her horns. 2 *in derision*, Squat, sturdy fellow.

brogail, -e, *a.* Sturdy, lively, active, hale, hearty.**[Always applied to old people.—*] 3‡ "In good form."

brogair,** -ean, *s.m.* Hastener.

bròg*air*, -ean, *s.m.* Shoe-maker, cobbler.

———eachd, *s.f.* Shoe-making, cobbling.

brogalachd, *s.f.* Sturdiness, activity.

brogan, -ain, -anan, *s.m.* Awl.

———ach, -aich, -aibhean, *s.m.* Lively little man. 2 Smart boy. 3**Lively, sturdy fellow.

———ach, -aiche, *a.* see broganta.

broganta, *a.* Sturdy. 2 Lively, jocose, active, brisk. 3‡‡Crooking. Cailleach *bh.*, *a lively old woman.*

brogantachd, *s.f.ind.* Sturdiness. 2 Liveliness, briskness, alacrity.

bròg-bhré d, -e, -ean, *s.m.* Sandal.

bròg-chualpach,* *s.f.* Boot.

bròg-chùdlair, -ean, *s.m.* Cobbler.

bròg-thiodha, *s.f.* Sabot, wooden shoe worn by peasantry on the Continent. 2 Clog. 3 Sandal.

†brogh, *s.m.* Filthiness, dirt. 2 see broth.

†broghach, -aiche, *a.* see brothach. 2 Excessive, superfluous.

†broghadh, *s.m.* Increase, profit.

brogh*an*,** *s.* Dirt.

†brogh*ain*, *s.f.* Excess, superfluity.

bròg-na-cubhaig, *s.f.* ‡Heart's ease, pansy—*viola tricolor.* 2‡ Bog violet, see mòthan. 3‡ Blue-bell, wild hyacinth, see fuath mhuc. 4‡ Round-leaved bellflower, see am pluran cluigeannach. 5§ Corn cockle, see lus loibheach. [McL & D. in Gael.—Eng. part gives *butterwort*, and in Eng.—Gael. part *cuckoo flower* and *cowslip.* †† gives *wild violet.* ** gives *butterwort.*]



82. Bròg-na-cubhaig(1.)

†brogoid, *s.f.* Bur.

bròg-sgriob, -a, *s.f.* Kind of shoe.

bròguidh, -ean, *s.m.* Shoemaker.

broice, *s.f.* see broicean.

broicean, -ein, *s.f.* Mole, freckle.

broicne, *s.f.* see broicean.

broicneach, -eiche, *a.* Freckled. A ghaidh bhroicneach, *a freckled face.*

broid,* *v.a.* Embroider.

†broidhlich, *s.f.* see braoilich.

broidileag, see brù-dhearg.

†broid-inneal, -eil, *s.m.* Richly-embroidered garb.

broid-innealta, -eilte, *a.* Embroidered.

broidireachd,* *s.f.* see broidneireachd.

broidneireachd, *s.f.* Embroidery.

broigealachd,* *s.f.* see brogalachd.

broigeanta,* *a.* see broganta.

————chd,* *s.f.* see brogantachd.

broigeil,* *a.* see brogail.

†broigheal, -il, *s.m.* Cormorant, sea-raven.

broighleach, *a.* Bustling, noisy, tumultuous.

broighleadh, -idh, *s.m.* Bustle, confusion, turmoil, loud noise. [also braoilich.]

broighleag, -eig, *s f.* see braoileag.

————ach, *a.* see braoileagach.

broighlich. *s.f.* Noise, bawling, confusion, tumult. 2* Crackling of wood on a fire. 3** Swaggering.

broigi.eneach, -eiche, *a.* Substantial.

broileadh, -eidh, *s.m.* see broighleadh.

broilein, -e, *s.m.* Manyplies in an animal's stomach. [The Gaelic Dictionaries erroneously give "king's hood," which is currachd an rìgh.] 2‡ Pig's snout.—*Badenoch.*

————each, -eiche, *a.* Manyplied.

broilich, *s.f.* see broighlich.

broilleach, -lich, -lichean, *s.m.* Breast, bosom, front. A *b.* mar chobhar nan stuadh, *her bosom like the foam of the waves* ; an urrainn duine teine a ghabhail 'na *bh.* agus gun 'aodach a bhith air a losgadh ? *can a man take fire in his bosom without burning his clothes ?* broilleach bàta, *the bow or stem of a boat*, see bàta, p. 76.

broilleach-bothan,¶ *s.m.* Black-throated diver (bird.) see learga.

†broimceadh, *s.m.* see broimseadh.

†broimeis, *s f.* Anger, boldness.

†broimseadh. *s.m.* Furious burst of anger.

†broin, *s.f.* Height. 2 Large company.

bròin, *gen.sing.* of bròn.

bròin, *v.a.* Mourn, lament, deplore.

broineach,* *s.f.* Ragged woman. 2 Ragged garment or vesture.

————,* *a.* see broineagach.

broineag, -eig, -an, *s.f.* Rag, shred, tatter. 2 Ragged garment. 3**Apron. 4‡‡Ill-clothed woman.

bròineag, see bròn*aig*.

broineagach, -aiche, *a.* Ragged, tattered. 2 Full of rags.

bròinein, *s.m.* Sickly person. 2 Querulous complaining person. 3 Wretch. 4††Poor or sorry person.

broinileag, *s.f.* see brù-dhearg.

broinn, *dat.* of brù. 2 Used *provincially* as *nom.* Belly, &c.
broinn-dearg, **broinn-deargan**, } *s.f.* see brù-dhearg.
†broinn-fhionn, *a.* White-bellied.
bròisde,* see bràist.
broisg, *pn.pt.* a' brosgadh, *v.a.* Excite, incite, stir up, provoke.
†**broisnean**, -ein, *s.m.* Bundle. 2 Small faggot.
broit, -e, *s.f.* Bosom, breast. *properly* 2 Covering for the breast. Cuir 'n ad bhroit e, *put it in your bosom.* [‡ The word appears to be from brat, *a mantle*, with a leaning for meaning on bruinne, *breast.*]
†**broith**, *s.m.* Carnation colour.
†**broithdheanta**, *a.* Flesh-coloured.
broithlein, see broilein.
brolachan,†† -ain, *s.m.* see brollachan.
brolaich, *s.f.* Inarticulate and incoherent muttering, as in sleep. 2††Raving.
bròlainn,-ean, *s.f.* see brothluinn.
brolamas, -ais, *s.m.* Mixture.
brolasg, -aisg, *s.m.* Garrulity, confused loquacity. 2††Flattery.
———ach, -aiche, *a.* Talkative.
———adh, -aidh, *s.m.* Tattling, loquacity.
brolosgach, *a.* see brolasgach.
brollach, -aich, *s.m.* see broilleach. 2††Mess.
brollachan, -ain, *s.m.* Ragged, naked person. 2* Anything entangled or entwined. 3 Shapeless, deformed creature. 4 Clumsy, lumpish, stupid person, but *not* a malicious person. 5 Senseless creature. [** says †]
†**brollaigh**, *s.f.* Boldness, confidence.
bròluinn, -e, -ean, *s.f.* see brothluinn.
brom, -a, see bramadaich.
bromach, -aich, -aichean [& **-aiche]*s.m.* Colt.
broman, -ain, -an, *s.m.* Rustic, boor, rude person. 3 Booby. 4† see braman.
———ach, -aiche, *a.* Rustic, rude, country, boorish.
———ach,** -aich, *s.m.* Countryman, bumpkin.
†**bròn**, *a.* Perpetual.
bròn, -òin, *s.m.* Sorrow, grief. 2 Mourning, wailing, weeping. 3* Mourning dress or habiliments. 'S e seo fàth mo bhròin, *this is the cause of my sorrow*; fo bhròn, *sorrowing, lamenting*; is beannaichte iadsan a tha ri bròn, *blessed are they that mourn*; thionndaidh thu dhomh-sa mo bhròn gu dannsadh, *thou hast turned for me my mourning into dancing*; oladh aoibhneis an àite bròin, *the oil of joy for mourning*; tha iad 'am bròn, *they are in mourning (apparel)*; is fhearr dol gu taigh a' bhròin, *it is better to go to the house of mourning*; mo bhròn! *alas! woe is me!*
bròn, *v.n.* Sorrow, grieve, mourn.
——ach, -aiche, *a.* Sad, sorrowful, mournful. 2 Grieved, mourned. 3**Mourning. 4*Mean. Le cumha bhròbach, *with sad lamentation.*
——adh, (a') *pr.part.* of *v.* bròn.
†**bronadh**, *s.m.* Destruction.
bronag, -aig, -an, *s.f.* (AF) Gudgeon, gobie. 2† see bronnag. 3‡ *prov.* Crumb.
bròbag, -aig, *s.f.* Poor, sorrowful, mournful female. 2**Disconsolate female. 3**Querulous female. 4 for bruanag.
bròn-bhrat, -ait, *s.m.* Mort-cloth, pall.
bròn-chuimhne, *s.f.* Sad remembrance. Bhur bròn-chuimhne, *the sad remembrance of you.*
bròn-cuthaich,‡‡ *s.m.* Melancholy.
†**bron-muilinn**, *s.f.* for brà-muilinn. Mill-stone.
bronn, *gen.sing.* & *gen.pl.* of brù.
†———, [**-oinn] *s.m.* Gift, favour. 2 Track, mark. 3 Breast.
†**bronn**, *v.a.* Distribute, divide. 2 Grant, give, bestow, concede.
bronnach,†† -aich, *s.f.* Girth, belt. 2**Belly-band. 3* Corpulent female.
bronnach, -aiche, *a.* Swag-bellied, gluttonous. 2 Bagged. 3 Well-fed. 4 Bellied. **Caoraich bhronnach**, *well-fed sheep.*
———— -diolta, *s.f.* Saddle-girth.
†**bronnadh**, -aidh, *s.m.* see pronnadh.

83. *Bronnag.*

bronnag, -aig, -an, *s.f.* Gudgeon. 2 Little bulky female. 3**Apron.
bronnair, -ean, *s.m.* One who divides or gives. 2 Liberal one. 3* Corpulent male. Gheibh bronnair mar a bhronnas e, is gheibh loman an lom dhonas, *the liberal will get as he spends, but the niggard will get more wretchedness.*
bronn-dhearg,** *s.f.* Ruddock (fish)
bronn-ghabh, -ail, *v.n.* see brù-ghabh.
————ail, *s.f.* see brù-ghabhail. A' b—, *pr.part.* of bronn-ghabh.
bronn-ghabhailte, see brù-ghabhailte.
bronn-sgaoileadh, -lidh, *s.f.* Flux, diarrhœa, dysentery.
bronn-sgaoilte, *a.* Troubled with flux.
————ach, *a.* Causing a flux or dysentery.
†**bronnta**, *a.* & *pt.part.* of bronn. Bestowed, given away, distributed.
†**bronntanus**, *s.m.* see bronntas.
†**bronntas**, *s.m.* Gift, favour. 2**Fairing. 3 Track.
bronnthach, -aich, *s.m.* see bronnach.
†**bròs**, *s.m.* Track of a wheel carriage.
brosdachadh, -aidh, *s.m.* see brosnachadh.
†**brosdadh**, -aidh, *s. m.* Stimulating, encouraging, stirring up.
brosdaich, *v.a.* see brosnaich.
brosdan, -ain, -dannan, *s.m.* Spunk, match. 2 Little sticks to light a fire.
brosduich, see brosnaich.
brosg, *v.a.* see brosnaich.
†**brosgach**, *a.* Easily frightened.
brosgadh, *s.m.* Exhortation, incitement.
brosgail,** *v.a.* Actuate, incite.
brosgal, see brosgul.
———tach, *a.* Anthypnotic.
brosglach, -aiche, *a.* Lively, active, brisk, prompt, clever (in Scots sense.) 3**Flattering. 4**Loquacious.

brosglachadh, -aidh, see brosnachadh.
brosglachd,** *s.f.* Promptitude.
brosgluchadh, -aidh, see brosnachadh.
brosgluich, see brosnaich. 2 see brosguil.
brosguil, *pr.pt.* a' bros ul, *v.a.* Flatter, cozen, coax. 2‡ Fawn, as a dog.
brosgul, -uil, *s.m.* Flattery, adulation. 2** Lively talk. 3‡ Fawning, as a dog. A' b—, *pr.pt.* of brosguil. Fe r brosguil, *a flatterer.*
————ach, -aiche, *a.* Flattering. 2 Coaxing, cozening.
brosgulair,** *s.m.* Adulator.
brosluim, -e, *s.f.* Excitement.
†brosna, -ai, *s.m.* Faggot. 2 Armful.
†brosnach, *s.f.* River, running water.
brosnachadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Incitement, provocation, spurring on, exhortation, encouragement to heroic actions, cheering. 2 Flattering. 3 Piece of martial music for the bagpipe classed under "ceòl mór." A' b—, *pr.pt.* of brosnaich. *B. catha, a battle song.*
brosnachail, *a.* Instigating, encouraging, provocative.
brosnachair,** -ean, *s.m.* Cheerer.
br snadh, see brosnachadh.
brosnaich, *pr.pt.* a' brosnachadh, *v.a.* Provoke, incite, encourage, bestir, spur on, actuate. Iad-san a bhrosnaich mi, *they that provoked me*; bhrosnaich e ri faicinn an righ, *he cheered up on seeing the king.*
————te, *past part.* of brosnaich. Provoked, incited, actuated.
brosnuchadh, -aidh, *s.m.* see brosnachadh.
brosnuich, see brosnaich.
————te, see brosnaichte.
brot, -oit (& -uit), -an, *s.m.* see brat.
——, -a, *s.m.* Broth.
——, *v.a.* see brotaich.
——,* *a.* Fat.
brotachadh, -aidh, *s.m.* Thriving, improvement in condition, becoming fat. [Generally applied to cattle of any kind.] 2** Convalescence. A' b—, *pr.pt.* of brotaich.
brotadh, see brotachadh.
brotaich, *pr.pt.* a' brotachadh, *v.n.* Thrive. 2 Mend, improve in condition, grow fat, fatten. 3 Feed grossly. 4††Gluttonize.
brot-bhiathadh, -aidh, *s.m.* Feeding grossly with intention to fatten.
brot-braigileineach, -eich, *s.m.* Hotch-potch.
†broth, *s.m.* Mole. 2 Ditch. 3 Flesh. 4 Fire. 5**Straw.
broth, -a, *s.m.* Itch, eruption of the skin. 2 Mole. 3§Prurigo. 4 for bruth. 5(AC)Breast, breast-bone. 9††Lunar halo. 7‡‡Straw, corn, &c.
brothach, -aiche, *a.* Scabbed, mangy, itchy. 2 Filthy, disgusting. 3(JM) Pertaining to sullen anger. Duine brothach, *a man given to sullen anger*: cù brothach, *a mangy dog*; caora bhrothach, *a scabbed sheep.*
brothag, -aig, -an, *s.f.* Bosom. 2 Fold of the breast clothes. 3 Little ditch. 4 Little hollow. 5 Dirty wench. 6 for breothag.
†brothair, *s.m.* Caldron. 2 Butcher. 3** Bruiser.
brothaireachd, *s.f.* Bruising, mauling, maiming. 2 Butchering.
†brothaireagadh, *s.m.* Shambles, butchery. 2**for bruthadaireachd.
†brothairne, *s.f.* Down, fur.
†brò-thaigh, *s.m.* see broth-thaigh.
brothas, -ais, *s.m.* see bruthaist.
†brothlach, *s.m.* Pit made in the ground for dressing meat in.
†brothladh, *a.* Intent on mischief.
brothlain,** *s.m.* see broilein.
†brothlnachair, *s.f.* Rush, rushes.
brothlninn, *s.f.* Agitation, confusion, struggle. 2 Meeting of tides. 3** Struggle between wind and tide. 4 Steam. 5 Heat and stink. 6* Disagreeable heat.
————each, *a.* Tumultuous, causing commotion, agitative, disturbed, confused.
broth-thaigh, -thaighean, *s.m.* Slaughter-house, shambles
†brotlach, *s.m.* for brollach(2). 2‡‡Boiling-pit.
brù, *irreg. s.f.* Belly. 2 Womb. 3 Big belly, as a woman with child. 4 Bulge.

Declined thus:—

Nom.sing.	brù	*pl.*	brùthan, [††bronna & bronnaichean.]
Gen.	[1]bronn		bronn
Dat.	broinn		bronnaibh
Voc.	a bhrù!		a bhrùtha!

[1] *Gen.sing.* broinne (DU.)

Tha brù air a' bhalla, *the wall bulges*; brùghoirt, *belly-ache*; a brù torrach, *her womb pregnant*; toradh na bronn, *the fruit of the womb*; air do bhroinn, *on thy belly*; làn bronn, *bellyful*; cha lion beannachd brù, *blessings do not fill a belly*; is gainne brù na biadh dhuit, *you are scarcer of belly room than you are of food*—applied to a grumbler; loisg thu do bhrù 's cha d'rinn thu do gharadh, *thou hast burnt thy belly but didst not warm thyself* (this saying can be applied in various ways, for instance, a man makes great efforts to gain a certain object, but comes to grief in his endeavours); tha a bhrù air an t-sop, *his belly is on the straw* (this applies to a gluttonous person or animal who would eat till he could not move, and had to lie down, *dh'ith e gus an robh a bhrù air an t-sop.*
†bru, *s.f.* Hiud. 2 Bank. 3 Country.
bruach, -aich, -an, *s.f.* Bank. 2 Brink, border, edge, brim. 3‡‡Surly boor. 4 see bruthach. Bruach an uillt, *the bank of the river*; air na bruachan seo, *about these borders*; bruach dhnine, *a boor of a fellow, a stupid fellow.*
————ach,‡‡ -aiche, *a.* Banked.
————ag, -aig, -an, *s.f.* Little bank.
bruachair, -ean, *s.m.* Surly fellow, person of unamiable disposition. 2 One that hovers about, lounger, hoverer.
————eachd, *s.f.ind.* Hovering about, lounging. 2 Grumbling, sullenness of manner, pouting. 3 Obstinacy.
bruachan,** -ain, *s.m.* Little bank. 2 *rarely* fawn.
brnach-bhaile, *s.m.* Suburbs.
†bruachdach, *a.* Magnificent.
brnadair, *pr.pt.* a' bruadar & bruadaradh, *v.n.* Dream Bhruadair mi an raoir, *I dreamed last night.*
bruadair, *gen.sing.* of bruadar.
bruadal, *s.m.* see bruadar.
bruadar, -air, -an, *s.m.* Dream, reverie, vision. A' b—, *pr.part.* of bruadair.
bruadaradh,** -aidh, *s.m* Dreaming, act of dreaming. A' b—, *pr.pt* of bruadair.
bruadaraiche, -an, *s.m.* Dreamer.
bruadarach, -aiche, *a.* Visionary.
†bruaidh, -ean, *s.m.* Peasant.
†bruaidhe, see bruaidh.
bruaidlean, *s.m.* see brnaillean. An t-sean fhuil uasal, onorach, cha tàradh bruaidlean conas aisd', *strife would not be evoked from the old, noble, honourable blood by grief or annoyance—Duanaire, p.53.*
————ach, *a.* see bruailleanach.
————achd, *s.f.* see bruailleanachd.
†bruaigh,‡‡ *s.f.coll.* Shreds, rags.

bruail,(AC) *s.pl.* Dreams. Ann mo bhruail, *in my dreams.*

bruaillean, -ein, *s.m.* Grief, melancholy. 2 Annoyance, vexation. 3 Confusion, tumult, noise. 4 Murmur. 5 Trouble. 6 Offence. 7 Distraction. Cò a tha 'cur bruaillein ort ? *who is troubling you ?* duine gun bhruaillean, *an inoffensive man ;* loch gun bhruaillean, *a quiet loch ;* is mòr am bruaillean a dhùisg thu, *you have created a great tumult ;* mar bhruaillean thonn air druim a' chuain, *as the tumult of waves on the surface of the ocean ;* tha bruaillean air aghaidh nan tom, *there is boding gloom on the face of the hillocks ;* chuir mi bruailleau air an òigh, *I have troubled the maid.*

bruailleanach, -eiche, *a.* Disturbing, confounding, deranging. 2 Grieved, vexed. 3 Causing grief or vexation. 4* Riotous, tumultuous. Is *b.* m' aigne, *my thoughts are disturbed.*

————·——d, *s.f.ind.* Grief, sadness, melancholy. 2 State of being grieved or vexed, vexation. 3**Disturbance. 4††Confusion.

bruais,‡ *v.a.* Crush to pieces. 2 Gnash. *prov.*

bruan, *pr.part.* a' bruanadh, *v.a.* Break into small pieces or crumbs, crush, crumble, pound,pulverize,smash. 2‡ Thrust. 3 Wound. 4* Disjoint.

bruan, -ain, -ruanan, *s.m.* Fragment, morsel, splinter, crumb. 2* Shortbread, cake made of butter, &c. to keep children quiet. 3(DU) Large portion. Thuit bruan de 'n bhalla, *a large part of the wall fell.*

†bruan, *s.m.* Stab, wound. 2‡‡Thrust.

bruanach, -aiche, *a.* Causing or tending to crumble, pound, or break. 2 Crumbled, pounded.

--————, *s.m.* Fragments.

--————d, *s.f.* Continued breaking, smashing, or crumbling. 2 State of being in pieces or fragments. 3* Fragments.

bruanadh, -aidh, *s.m.* Breaking, crumbling, smashing, pounding. 2** Disjunction. 3** Crashing noise. A' b—, *pr.pt.* of bruan. A' bruanadh o na cnocaibh, *crashing from the hills.*

†bruanadh, -aidh, *s.m.* Act of stabbing or thrusting.

bruanag, -aig, -an, *s.f.* Morsel, crumb, piece, fragment. 2* Little cake. 3‡‡Slight thrust or stab.

————ach, -aiche, *a.* Full of crumbs. 2 Apt to fall into pieces or crumbs.

bruanaibh, *dat.pl.* of bruan.

bruanan, -ain, *s.m.* Morsel, crumb, piece, fragment.

bruansgadh,†† -aidh, *s.m.* Crunching, crushing.

bruansgail, *s.f.* Deep crashing or grating noise, clashing noise.

————, *pr.part.* a' bruansgal, *v.a.* Break into fragments, crumble. 2* Make a deep crashing or crushing noise.

bruansgal, -ail, *s.m.* Falling in pieces or fragments with a crashing noise. A' b—, *pr.part.* of bruansgail.

bruanspealt,* *s.m.* Splinter.

————, *pr. pt.* a' bruanspealtadh, *v.a.* Splinter, hew, hack. 2 Smash, break.

————ach, *a.* Splintering, hacking, hewing. 2 Smashing, crashing, breaking.

————adh, -aidh, *s.m.* Splintering, hacking, hewing down. 2 Crashing. 3 Smashing. A' b—, *pr.pt.* of bruanspealt. A' *b.* chraobh, *hewing down trees.*

bruanta,** *past part.* Disjointed. 2 Broken into fragments. 3 Wounded.

bruasgail, see bruansgail.

bruasgal, see bruansgal.

brù-bhruidhinn,‡‡ *s.f.* Ventriloquy.

brucach, -aiche, *a.* Spotted, speckled, freckled (particularly in the face.) 2 Foul, squalid, filthy. 3**Pimpled. 4 Gloomy. La bruchach, *a gloomy, lowering day :* caora bhrucach, *a speckled sheep, black-faced sheep ;* aodann brucach, *a freckled face.*

brucachadh, -aidh, *s.m.* Act of irregularly digging up the soil. A' b—, *pr.pt.* of brucaich.

brucachd,* *s f.* Gloominess.

brucag, *s.f.* Chink, cranny. 2 Eyelet. 3 Dirty, drabbish little woman. 4 Leaky boat. 5 **Leaky vessel. 6‡‡Dim candlelight. 7 Little shrivelled horse. Cha bu bhrucag air meirg i, *she was not a rusty, leaky vessel.*

————ach,** *a.* Crannied.

brucaich, *pr part.* a' brucachadh, *v.a.* Dig. 2 Turn up the ground imperfectly. 3†† see breacaich.

brucaiuneach, see brucach.

————·——d, *s.f.* Spottedness, freckledness.

brucanaich, *s.f.* Dawn, peep of day. Bi an seo 'sa bhrucanaich, *be here at dawn.—Islay.*

bruchag, *s.f.* see brucag.

————ach, *a.* see brucagach.

brù-chainnt, see brù-bhruidhinn.

brùchd, -a, -an, *s.m.* Sudden rushing forth, as of a multitude, sally, any sudden burst or disruption. 2‖Belch. 3 Heap, large quantity, glut. 4 Bulge. 5 Rift. 6‡‡Blast. 7JM In Skye, Lewis, &c., the red sea-weed cast on the shore and collected in heaps and allowed to ferment. [It is called "feamainn dubh" in Uist.] Rinn e brùchd, *he belched;* thàinig brùchd de na daoine a mach, *a rush of the people came forth ;* thuit brùchd de'n mhòine, *a great quantity of the peats fell.*

brùchd, *pr.part.* a' brùchdail & brùchdadh,*v.n.* Sally, rush out, burst forth. 2 Pour. 3 Bulge. 4 Belch. 5 Rift. Bhrùchd na daoine a mach, *the men rushed forth ;* tha e 'bruchdail, *he is belching ;* bhrùchd 'fhuil a mach, *his blood rushed out;* bhrùchd iad g'ar còmhnadh, *they rushed to our aid.*

brùchdach, -aiche, *a.* Pouring, sallying, breaking or bursting forth. 2 Belching. 3 Causing a rift, belch, or sally. 4 Of, or pertaining to, a rift, belch, or sally.

brùchdadh,-aidh, *s.m.* Rushing, pouring forth, sallying. 2 Belching. 3* Rifting. 4*Gushing. A' b—, *pr.pt.* of brùchd.

†brùchdag, -aig, *s.f.* Blast.

brùcnda-dubh, (JM) *s.m.* Seaweed in a rotten state.—*Uist.*

brùchdail, *s.f.* Rushing, pouring forth, sallying. 2 Belching. 3 Bilging. 4 Rifting. 5* Gush. A' b—, *pr.pt.* of brùchd.

†brùchdan, *s.m.* see brùchdag.

brùchd-ruadh,‖ *s.m.* Waterbrash. [see note under ruadhan.]

————ain, *s.m.* Belching from an overloaded stomach.

brùchd-seile, *s. m.* see brùchd-ruadhain.

bruchlag, -aig, -an, *s. f.* Mean or wretched hovel. 2 Crumbling, insecure wall. 3††Bad boat.

————ach, -aiche, *a.* Mean, squalid, dirty-looking.

bruchlas, -ais, *s.m.* Fluttering of fowls going to roost.

brù-chorcachd, *s.m.* see brù-chorcan.

brù-chorcan,‖ *s. m.* Heath-rush, stool-bent, dirk-grass.—*juncus squarrosus.*

brù-chorcur, see brù-chorcan.

bruch-shuil, -ula, -uilean, *s. f.* Bird-eye, hole through which light may enter.
——. ——each, -eiche, *a.* Bird-eyed, having quick small eyes.
†**brulan**,** -ain, *s.m.* Simmering noise. 2 see bradan
†——-og *s.m.* (bradan òg) Salmon trout.
brulh, see bruth.
brudhach, -aich, -aichean, *s.m.* see ruthach.
———-ail, see bruthachail.
brùlhachd,‡‡ *s.f. ind.* Prevalence.
brùdhadh, see brùthadh.
brudhann,
———-——each,
———-——eachd,
brudhaiste,
———-——ach,
} see bruth——.
†**brudhaiteach**, *s.m.* Thread-bare coat.
†**brudhan**, -ain, *s.m.* Small bundle of sticks.
brù-dhearg, -dheirge, *a.* Red-breasted.

85. Brù-dhearg.

brù-dhearg, -eirge, *s.m.* Robin red-breast.—*erythaca rubecula.*¶
brù-dheargan, *s.m.* see brù-dhearg
brug, *s.m.* see brugh.
bruga dubh, see bruchda dubh.
†**brugaidhe**, *s.m.* see brughaidh.
brugh, **bruighne**, **bruighnean**, *s.m.* Large house. 2 Village. 3 Tower. 4 Fortified town. 5 Fairy hillock. 6 Tumulus. 7 Cave. 8 House half under the surface. 9‡‡ Fort. Sìth bhrugh, *a fairy hillock.*
brùgh, see brùth.
brù-ghabh, *pr.pt.* a' brù-ghabhail, *v. a.* Conceive, as a female.
brù-ghabhail, *s. f.* Conception. A' b—, *pr.pt.* of brù-ghabh.
brù-ghabhailte, *past part.* Conceived.
brughach, *s.m.* see bruthach.
brughadh, -aidh, see bruthadh.
brughaiche, *s.m.* Burgher. 2 Farmer.
†**brughaidh**, *s.m.* Farmer, husbandman.
†**brùghaidhe**, *s.f.* Gormandizing, voraciousness, gluttony.
brughan, -ain, *s.m.* see bruan.

86. Brù-gheal.

brù-gheal,¶ *s. m.* Wheat-ear (bird)—*saxicola œnanthe.*
bruic, *gen. sing. & n.pl.* of broc.
bruich, *pr.pt.* a' bruich & a' bruicheadh, *v.a.* Boil, seethe, simmer. 2 *rarely* Roast, toast. Bruich e, *boil it* ; tha e bruich, *it is boiled* ; tha e 'ga bhruich, *he is boiling it.*
bruich, *s.f.* Boiling. A' b—, *pr. pt.* of bruich. Is don' a' bhruich a th' air, *how badly it is boiled.*
bruich, -e, *a.* Boiled, seethed. 2 Roasted, toasted. 3** Sultry. 4‡‡ Ruddy-faced, reddened with anger or passion.
-———eadh, *3rd. per. sing. & pl. imp.* of bruich.
-———eadh, *s.m.* Boiling, seething. 2 Decoction. 3 Any of the various ways of subjecting eatables to the action of fire in cooking. A' b—, *pr.pt.* of bruich.
-———ealachd, *s.f.* Sultriness, warmth.
-———eil, -e, *a.* Sultry, hot.
-———idh, *fut. aff. act.* of bruich. Shall boil.
-———te, *a. & pt. pt.* of bruich. Boiled.
bruid, -e, -ean, *s.f.* Captivity. 2 Stab, thrust. 3 Grief, anguish, affliction. 4‡‡Check. 5‡‡ Thorn. 6‡‡ Carrying, bringing. Thug thu bruid am braighdeanas, *thou hast led captivity captive* ; tha thu 'gam chumail ann am bruid, *you keep me in great anxiety.*
brùid, -e, -ean, *s.m.* Brute, beast. 2 Brutal person.
bruid, *pr. pt.* a' bruideadh, *v.a.* Torture, oppress, enslave. 2 Stab. 3* Give the hint by touching. 4 Probe, poke. 5 Dig. 6 Foment. 7 Fire. 8‡‡Stir up.
———eachadh, -aidh, *s.m.* Digging, stirring. 2 Budding of grain. A' b—, *pr.pt.* of bruidlich.
———eadh, -eidh, *s.m.* Stabbing, thrusting. 2 Soliciting, enticing. 3*Touching by way of a hint. A' b—, *pr. pt.* of bruid.
brùideag, -eig, *s. f.* Little brute, beast. 2 Brutish woman.
bruideag,‡‡ -eig, -an, *s.f.* Any pointed weapon. 2(DU) Shove, punch, blow.
brùidealachd, *s.f.* Brutality, beastliness. 2 coarseness, savageness, barbarism.
bruidean, *n.pl.* of bruid.
brùidean, *n.pl.* of brùid. 2 *dim.* of brùid.
brùideil, -e, *a.* Brutal, beastly. 2‡‡Unsavoury.
†**bruidhe**, see †bruighe.
———-achd, *s.f.* Colony.
bruidheann, *gen. sing.* -inn & **bruidhne**, *s. f.* Talk, speech, conversation. 2 Quarrel. 3 Report. 4‡‡ Noise of talk, tumult. Tha mi a' cluinntinn bruidhne, *I hear talking or conversation* ; bruidheann mhór, *loud talk* ; tha an leithid sin de bhruidheann am measg dhaoine, *there is such a report among people* ; chuala mi bruidheann fada uam, *I heard talking at a distance* ; móran bruidhne, *much talking*; cath bruidhne, *much fast and loud talking.*
bruidhinn, see bruidheann.
bruidhinn,* *pr.pt.* a' bruidhinn, *v. a.* Speak, say, talk. Bruidhinn ris, *speak to him* ; bha mi a' bruidhinn ris, *I was speaking to him* ; c' uim' am b' fhiach leat bruidhinn ris ? *why would you condescend to speak to him ?* cha'n 'eil agad ach a bhi bruidhinn, *talk on as you like.*
†**bruidhlionta**, *a.* Cloved.
bruidhne, *gen. sing.* of bruidheann. Fear na mór bhruidhne, *the talkative man.*
bruidhneach, -niche, *a.* Talkative, garrulous, loud, loquacious. 2** Querulous. 3 Given to gossip. 'S e siod am fear bruidhneach ! *what a talkative fellow that is !* sgathaidh an Tighearna an teanga bhruidhneach, *the Lord shall cut off the tongue that speaketh proud*

things.
bruidhneachd,* *s.f.* Talkativeness, garrulity, loquacity.
bruidhte, see brùite.
bruidich, *pr.pt.* a' bruideachadh, *v.a. & n.* see bruid. 3 Bud, as grain.
bruidil,†† *v.* see brùid.
bruideachadh, see bruideachadh.
bruidlich, see bruid.
†bruigeineach, *a.* Quarrelsome.
†bruigh,** *s.f.* Field.
†bruighe, *s.f.* Farm. 2‡‡ *s.m.* Farmer.
†bruigheadh, *s.m.* Burgomaster.
†bruighean, see bruidheann.
bruigheann, -inn & -ghne, *pl.* -ghnean, *s. m.* †Palace, royal residence. 2 Fairy hill.
†bruigheas,** *s.m.* House.
†bruigheir, *s.m.* Farmer.
†bruighseach, *s.* Womb with young.
†bruighteach, *s.m.* Tyrant, oppressor.
†bruigne, *s.f.* Assault.
brùill, *pr.pt.* a' brùilleadh, *v.a.* Crush, bruise, beat, thrash. 2* Squeeze. Brùillidh mi do chnàmhan. *I will crush your bones.*
brùilleadh, -eidh, *s.m.* Crushing, bruising, beating, thrashing. 2* Crush, squeeze.
brùilleagadh,‡‡ -aidh, *s.m.* Broiling.
bruillich,** *v.a.* Probe.
brùillidh,* *s.m.* see brùillig.
brùillig, -e, -ean, *s.m.* Man of clumsy figure, and of awkward, unwieldy motions.
brùilligeach, -eiche, *a.* Clumsy, unwieldy, awkward.
————d, *s. f.* Clumsiness, awkwardness of gait or movements. 2 Corpulency.
bruillsgeantachd,** *s.f.* Impetuosity.
bruim-fheur,-fheoir, *s.m.* Couch or switch-grass, see feur-a'-phuint.
†bruin, *s.f.* Caldron. 2 Kettle. 3 Belly.
†————, *v.n.* Make a rattling noise.
brùinceach, -ceiche, *a.* Pregnant. 2 Productive.
bruin-deargan, see brù-dhearg.
bruine, see bruinne.
bruine-àrd, *a.* Having a high breast or chest. An ainnir bhruine-àrd, *the high-bosomed maid.*
brùiniceach, see brùinceach.
brùinidh, *s.m.* Spectre. 2 The *brownie* of the Lowlanders.
†bruinne, *a.* Fine.
bruinne, *s. f.* †Belly. †2 Caldron. 3 Waist. 4 Chest, front, breast. Bruinne seang, a *slender waist.*
†————ach, -ich, -ichean, *s. f.* Nurse. 2 Mother. 3 Glutton. 4 (AH) Stout, stupid man. [When used in senses 3 & 4 it is *masc.*]
†bruinneadach, -aich, *s.m.* Apron.
bruinneadh,‡‡ -eidh. *s m.* The front.
†bruinnean, -ein, *s.m.* Nap or pile of cloth.
————ach,** *a.* Nappy, as cloth.
bruinninn, see bruinnean.
†bruinteach, *a.* Great with child.
bruis, *s.pl.* Shivers, splinters, fragments.
bruis, -e, -ean & -eachan. *s.f.* Brush.
bruis-dreachaidh, *s.m.* Pencil, artist's brush.
bruisinn,** *v.a.* Brush.
————, *s.f.* Gaelic spelling of *brushing.*
bruit, *gen. sing.* of brat.
brùite, *pt.part.* of brùth. Bruised. 2 Broken. 3 Crushed. 4 Oppressed, grieved, sad. Daoine brùite, truagh, *poor, oppressed men;* c'arson an osnaich bhrùite 'ad chliabh ? *why the sad sigh from thy bosom ?* iadsan a tha brùite 'nan spiorad, *they who are contrite in spirit;* fuil bhrùite, *extravasted blood;* tha m' anam brùite 'am chom, *my soul is oppressed within me.*
bruiteach, -eiche, *a.* Warm, snug, comfortable 2 Contented.
†bruith, *s m.* Flesh.
————, *pr.part.* a' bruith, *v.a.* see bruich.
bruitheadh, see bruicheadh.
bruitheann, -einn, *s. f.* Skirmish. 2‡‡ see bruthainn. 3‡‡ see bruidheann.
†bruithne, *s.m.* Refiner.
bruithneach, -eiche, *a.* see bruthainneach. 2 (AC) Frank.
————, -eich, *s. f.* see bruthainn.
brù-lionta, *a.* Satiated, cloyed.
————ch, *a.* Satiating, filling, cloying.
†bruitin, *s.f.* The measles.
†brullsgiantach, *a.* Impetuous.
†brum, *v.* Pede.
†brumair, -ean, *s.m.* Pedant.
†————eachd, *s f.ind.* Pedantry.
†brun, -uin, *s.m.* Firebrand.
brùnaidh, -ean, *s.m.* Corpulent man. 2(DU) *rarely figuratively* Pompous man. 3 Gaelic spelling of Lowland *brownie.*
brundal, see brùnsgal.
brundlais, see proundail.
brùnsgal,†† -ail, *s.f.* Rumbling noise.
brùs,** *v.n.* Gaelic spelling of *browse.*
†bruscair,** *s.m.* see brusgar.
brusg,†† -uisge, *s.f.* Crumb, bit. 2(AH)Unkempt matted head of hair. Bithidh mi 'nad bhrusg, *I am ready to fright you* (*i.e.* to punish you by plucking your hair.)
brusgach,‡‡ -aiche, *a.* Diminutive, trifling. 2 Blear-eyed. 2 (AH Shaggy, unkempt.
brusgadh, -aidh, *s. m.* Diminutiveness, meanness. 2 Bleariedness of eyes.
†brusgar, *s.m.* Broken ware. 2 Baggage. 3 Mob.
brutach, -aich, *s.m.* Digging.
brutag,‡‡ -aig, -an, *s.f.* Palmer-worm.
brutaich,‡‡ *v.a.* Dig.
brùth, *pr. part.* a' brùthadh, *v. a.* Bruise. 2 Crush, pound, pulverize. 3 Squeeze, compress. Brùthaidh thusa 'shàil-san, *thou shalt bruise his heel.*
bruth, -a, *pl.* bruithean, *s. f.* see brugh.
brùth. *s.m.* (broth) Bruise.
†bruth, -a, *pl.* bruthean, *s m.* Hair of the head. 2 Heat in the blood or skin, itch. 3‡‡ Anything red-hot. 4‡‡Confined hot place.
bruthach, -aich, -aichean, *s.m.* [*& f.*] Ascent, steep, acclivity, hill-side, brae, precipice. A' dol suas am bruthach, *ascending the brae;* thoir am bruthach ort ! *take to your heels !* thug e am bruthach air, *he took to his heels;* le bruthach, *downhill, downwards;* ri bruthach, *ascending, upwards.* fo chreig na bruthaich, *under the rock of the steep;* ruithidh an taigeis féin le bruthach, *even a haggis will run downhill.*
————ag, -aig, *s.f.* Little precipice.
————ail, *a.* Full of precipices or braes. 2 Ascending, steep.
————an,-ain, *s.m.* Short ascent.
brùthadair. -ean, *s.m.* Pestle, pounder, bruiser, crusher Le brùthadair, *with a pestle.*
————eachd, *s.f.* Pounding, bruising, crushing. 2 Maiming. 3**Pugilism.
brùthadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Bruising, contusion, crush. 2 Act of bruising, pounding, squeezing, or crushing. A' b—, *pr. part.* of brùth.
————, *3rd. sing. & pl. imp.* of brùth.
brùthaidh, *fut. aff. act.* of brùth.
bruthainn, -e, -ean, *s. f.* Sultry heat, warmth. Nach b'e sin a' bhruthainn ! *what sultriness !**
————ach, -eiche, *a.* Warm, sultry. 2 **Glowing. 3**Red-hot. Aimsir *bh., sultry*

weather
brut, ainneachd, *s.f.* Continuance of warmth, sultriness.
bruth-list, *s. f.* Brose, a kind of pottage, used mostly in the Lowlands, and made by pouring boiling water or milk on meal, which is stirred while the liquid is being poured on. 2 Brewage.
bruthaisteach, *a.* Of, or belonging to, brose. 2 Of, or pertaining to, a clumsy or bulky person.
brùthan, *n.pl.* of brù.
bruthan, -ain, *s.m.* Faggot. 2 see brughan.
†bruthchan, *s.m.* see brochnau
bruth-chorc, see bruth-chorcan.
————an, -ain, *s.m.* Heath-rush, stool-bent, dirk-grass, see brù-chorcan.
bruthmhaireachd, *s. f. ind.* Fainting through heat.
bù ! *int.* Sound to excite fear in children.
bu, *past ind.* of *defec. v.* is. Was, wert, were. Bu mhi, *I was* ; b' e (*for* bu e) *he was* ; b' i (*for* bu i) *she was* ; b' fhearr leam *I would prefer* ; b' fhearr a bhi gun bhreith na bhi gun teagasg, *better not to have been born than to be unlearned* ; b' fhearr gun tòiseach dh na sgur gun chriochnachadh, *better not begin than stop without finishing*; b' fhearr a bhi gun fhàinne na fàinne luachmhor, *better be without a ring than wear a rush one.* [*Bu* is written *b'* before a word beginning with a vowel or *fh* ; and *b, c, f, g, m, p, s, & t* are aspirated after *bu*, as B' aille, b' fhearr leam.] Bu dana e ! *how daring he was !* bu gheur e ! *how sharp it was !* bu mhios' e, *it was worse* ; bu phailt iad, *they were plentiful* ; a laoich bu mhór an sòlas nam fleadh. bu mhór an àm cruadail, *hero who wast great in the joy of feasts and in time of trouble.* For various other idiomatic expressions commencing with *bu*, see under the present tense, *is.*
†bua,
†bruabh, } (AF) *s. f.* Cow.
buabhall, -aill, -an, *s.m.* Unicorn. 2 Buffalo. 3 Trumpet, cornet, wind instrument. 4 Cow-stall. 5‡‡ Horn. 6‡‡ Apron. 7** Any wild horned creature. Mar adharc bhuabhaill àrdaichidh tu m' adharc-sa, *my horn shalt thou exalt as the horn of an unicorn* ; le h-iolach agus le fuaim a' bhuabhaill, *with shouting and with sound of cornet.*
————ach, *a.* Like. of, or pertaining to, a trumpet ; 2 unicorn ; 3 buffalo ; or 4 cow-stall.
————aiche, *s.m.* Trumpeter.
buabhall-chòrn, *s. f.* Bugle-horn.
buabhull, -uill, see buabhall.
————ach, see buabhallach.
————aiche, see buabhallaiche.
buac,* *v.a.* Work lime and gravel into mortar. 2 Work clay &c.
†buac, *s.m.* Dung used in bleaching. 2 The liquor in which cloth is washed. 3 Unbleached linen, linen in an early stage of bleaching. 4‡‡ Brow of a hill. 5‡‡ Roof of a vault. 6‡‡Settlement. 7**Cap of mist on a hill.
†buacachan, -ain, *s.m.* Bleacher.
buadh, (a') *pr.pt.* of buac.
†buacais, see buaic. 2**Confusion.
†buach, -uaich, *s.m.* see buac.
†————ach, *a.* Fine, beauish, foppish, gaudy.
buachaill, -e, -ean, *s.m.* Cow-herd. 2 Shepherd. 3 Watch or protector of cattle of any kind. 4 **Youth. Is buachaillean na daoine, *the men are shepherds* ; am buachaill dh' an còir, *the herdsman near them.*
buachaill-an-sgadain,(AF) *s.m.* Large ray *or* skate,northern chimæra—*chimæra monstrosa.*
buachaill-bréige,(AH) *s.m* Rudely built monument on the crest of a hill.
buachaille, *gen. sing.* of buachaill. [Often used as the nominative.]
buachailleach, -eiche, *a.* Pastoral. 2 Of, or pertaining to, a shepherd or cow-herd.
————d, *s.f.* Herding, watching cattle, occupation or a herdsmau. Ri *b.*, or, ris a' *bh.*, *herding.* A' b—, *pr.pt.* of buachaillich.
buachaillich, *pr. pt.* a' buachailleachd, *v.a.* Herd, tend, keep cattle.
buachaill-seòmair,** *s.m.* Valet-de-chambre.
buachair,* *v.a.* Bedaub with dung.
buachar, -air, *s.m.* Cow-dung. 2 Dung of cattle in general. 3**Dunghill. 4**Stall. Buachar bhò, *cow-dung*; dubh-chail' a' bhuachair, *a dung-hill trollop.*
buacharan, -ain, *s.m.* Dried cow-dung used for fuel.
bua-choilleag, Gaelic spelling of *bucolic.*
buadan,** ain, *s.m.* The bone in a horn.
buadh, -aidh, *pl.* -an & -aunan,*gen.pl.*buadh,*s.f.* Virtue, excellence. 2 Palm. 3 Endowments, qualifications, talents. 4** Gem. Deagh bhuaidheannan nàdurra, *excellent natural talents* ; deagh bhuaidheannan inntinn, *excellent mental endowments* ; tha buaidh air an uisge-beatha, *whisky has virtue in it* ; fear nam buadh, *the man of accomplishments.*
——, *gen. pl.* of buadh
†——, -aidh, *s.m.* Food, sustenance.
†buadha, *a.* Precious.
Buadhach, -aiche, *a.* Victorious. 2 Highly-gifted. 3 Virtuous. Connal buadhach, *victorious Connal.*
buadhach, -aich, *s.m.* see buadhaiche.
————adh, -aidh, *s.m.* Conquering. 2 Act of conquering or overcoming. 3 Excellency. 4* Succeeding well in anything. A' b—, *pr. pt.* of buadhaich.
buadhachail,* -e, *a.* Triumphant, victorious, overcoming, subduing.
buadhachas, -ais, *s.m.* Attainment of superiority. 2 Gaining of victories. 3††Luck. 4** Victory, triumph.
buadhaich, *pr.pt.* a' buadhachadh, *v. a. & n.* Conquer, overthrow, subdue, subject. 2 Prevail. 3 Triumph.
buadhaiche, -an, *s.m.* Conqueror, champion, victor. 2**Tribute. Gheibh am buadhaiche e, *the conqueror shall receive it.*
buadhail, -ala, *a.* Victorious, triumphant. 2 Lucky, fortunate.
buadhair,-ean,*s.m.* Conqueror,champion,victor.
buadhairt,** -ean, *s.f.* Hardship, trouble.
buadhal, *s.* see buathal.
†————, *a.* Victorious.
————achd, *s.f.ind.* Superiority. 2 Conquest. 3 Flourishing condition, prosperity. 4*Ascendant. 5‡‡Nature. 6††Luck. Am buadhalachd, *in prosperity.*
buadhannan, *pl.* of buadh.
buadhar, -aire, *a.* see buadhmhor.
buadhar, -air, *s.m.* Adjective in *grammar.*
†buadharg, *s.m.* Victorious champion.
†buadharrtha, *a.* see †buaidheirthe.
buadhas, -ais, *s.m.* Victory, conquest. 2 Succession of victories.
dealbhan gearr-earr,—*lycœna bœtica*—short-tailed blue.
dealbhan mór an fhraoich,—*hipparchia tithonus*—large heath.
dealbhan beag an fhraoich, — *cœnonympha pamphilus*—small heath.
dealbhan breac na coille—*lasiommata egeria*—speckled wood.
Diùc Bhurgundi,—*hemeobius lucina*—fritillary

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

Duke of Burgundy.
an donnag bhallach, *or* donnag a' bhalla,—*lasiommata megæra*—wall butterfly.
an donnan Arainneach,—*erebia ligea*—Arran brown.
an donnan tuathach,—*erebia œthiope*—northern brown.
am faineag,—*hipparchia hyperanthus*—ringlet.
faineag a' mhonaidh,—*erebia cassiope*—mountain ringlet.
faineag bheag,—*cœnympha davus*—small ringlet.
an glaisean,—*hyparchia semele*—grayling.
an gorman, —*polyommotus alexis* — common blue.
gorman na cailc,—*matus corydon*—chalk-hill blue.
an gorman beag,—*polyommatus alsus*—little blue.
marsairìonach mór nan creag,—*polyommatus acis*—blue mazarine.
an grìs-fhionnach geal,—*arge galathea*—marbled white.
an leumadair beag,—*pamphila linea*—small skipper.
an leumadair breac-bhallach,—*steropes paniscus*—chequered skipper.
an leumadair lachdunn,—*thanaos tages*—dingy skipper.
an leumadair grìs-fhionn—*pyrgus alveolus*—grizzled skipper.
Lulworth mór Shasunnach—*pamphila actæon*—Lulworth skipper.
an litir bhàn,—*thecla w. album*—white letter hair-streak.
an roinne donn stiallach, —*thecla betulæ*—brown hair-streak.
an roinne dubh stiallach, —*thecla pruni*—black hair-streak.
an roinne stiallach chorcurach,—*thecla quercus*—purple hair-streak.
an roinne stiallach uaine,—*thecla rubi*—green hair-streak.
an t-umhach beag,—*chrysophanus phlæas*—small copper.
[Description and illustration of every native British butterfly may be found in "British Butterflies."]

dearbh, *pr.pt.* a' dearbhadh, *v.a.* Prove, confirm. 2 Try. 3**Experience. 4**Demonstrate. 5**Ascertain. 6**Affirm. 7**Attest. 8**Tempt. 9**Put to the test. D. sin, *prove that.*

dearbh,** -an, *s.m.* Proof, demonstration. 2 Experiment, test, trial. 3 Churn. 4 Milk-pail. Cuir gu d., *put to the test.*

dearbh, -a, *a.* Sure, certain. 2 Particular, peculiar, identical. 3 Demonstrative (in *gram.*) 4**True, genuine. 5**Fixed. An d. ni a bha dhìth orm, *the very thing I wanted ;* an d. dhuine, *the identical man ;* tha gu dearbh, *yes indeed ;* gu dearbh fhéin seadh,—a very emphatic affirmative.

dearbh (gu) *adv.* Truly, really, certainly, indeed. Is d. gu'm bheil, *it is truly* or *positively so.*

———**ach**, -aiche, *a.* Sure of. 2 Confirmatory. 3 Affirmative. 4**Demonstrative. 5 Capable of proof.

———**achadh**, -aidh, *s.m.* Proving, confirming, attesting. 2 Act of confirming or attesting. 3**Protesting. 4**Swearing. 5**Allegation. A' d—, *pr.pt.* of dearbhaich.

———**achail**,‡‡ *a.* Conclusive.

dearbhachd, *s. f.* Experience. 2 Proof, testimony, demonstration. 3 Experiment. 4 Assurance.

———**adaich**, *v.a.* Demonstrate, prove, confirm.

dearbhadair,** *s. m.* Affirmer, alleger. 2 Approver. 3 Ascertainer.

dearbhadas, -ais, *s.m.* Capability of proof. 2* Way of leading proof.

dearbhadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Evidence, proof. 2 Proving, act of proving. 3 Trying, confirming, test, trial. 4 Demonstrating. 5**Certainty. 6**Approbation. 7‡‡Experience. 8 see dearbhag. 9 (MMcD) Disputing, arguing. Mar dh. air sin, *as a proof of that* ; a' d. na cùise, *confirming the fact, proving the case.* A' d—, *pr.pt.* of dearbh.

———**-sùl**,** *s.m.* Autopsy.

dearbhag, -aige, -an, *s.f.* Touch-stone.

dearbhaich, *pr.pt.* a' dearbhachadh, *v.a.* Prove. 2 Confirm, attest. 3 Swear.

dearbhail,** *a.* Affirmable. 2 Affirmative.

dearbhair, see dearbhadair.

dearbhann, -ainn, -ainnean, *s.f.* Axiom, proposition evident at first sight, truism.

dearbhar, *fut. pass.* of dearbh.

dearbh-art, -airt, *s.m.* see dearbhag.

dearbhas, -ais, -an, *s.m.* Proof.

———**ach**, -aiche, *a.* Capable of proof.

dearbh-bhann, -ainn, -an, see dearbhann,

dearbh-bheachd, -an, *s.m.* Certainty, assurance, confidence, confident hope. 3**Full view. 4 ††Full aim. 5††Full notice. Làn d., *full assurance.*

———————**air**,** *s.m.* Assurer.

dearbh-bhràthair, -thar, -àithrean, *s.m.* Brother, full brother, own brother.

dearbh-bhràthair-athar,** -ar-, -àithrean, *s. m.* Full uncle on the father's side.

dearbh-bhràthaireachd,** *s.f.* Brotherhood. 2 Society.

dearbh-bhràthair-màthar, -ar-, -àithrean-, *s. m.* Full uncle on the mother's side.

dearbh-bhriathar, -air, -thran, *s. m.* Axiom, truism, dogma, true saying.

dearbh-bhriathrach, -aiche, *a.* Dogmatical, axiomatic.

dearbh-chinnte, *s.f.* see dearbh-chinnteas.

———————**ach**, -tiche, *a.* Sure, certain, beyond doubt.

———————————**as**, -eis, *s.f.* Certainty, full assurance.

dearbh-chlach, -chloich, -chlachan, *s.f.* Touch-stone.

dearbh-chliamhuinn, -ean, *s.m.* Son-in-law.

dearbh-dheante, *a.* Accurate, correct.

dearbh-fhios, *s.m.* Certain knowledge, correct knowledge. 2**Assurance. 3**Certain news.

———————**rach**, -aiche, *a.* Absolutely certain, having certain knowledge, well assured, convinced.

dearbh-ràdh,** *s.m.* Axiom.

dearbhtach, -aiche, *a.* Capable of proof, or of demonstration.

dearbhte, *a. & past. pt.* of dearbh. Proved, confirmed, tried, ascertained, affirmed, attested, established. 2**Demonstrated. 3**Approved. 4**Tempted.

dearbhthachd, -an, *s.f.* see dearbhachd.

dearbh-theachdair, -an & -draichean, *s.m.* Sure or trusty messenger.

dearc, -an, *s.f.* Berry (general term.) 2 Grape. 3 Lizard. 4(AF)Speckled serpent. 5(AF)Dart. Fàgaidh thu dearcan, *thou shalt leave grapes.*

†**dearc**, *s.* Eye. 2 Cave, grotto. 3 Hole. 4 Grave.

dearc, *pr.pt.* a' dearcadh, *v.a.* Behold, look, observe. 2 Look keenly or piercingly, examine, inspect. 3 Fix the mind on intensely, watch. Dearcam ort do gnàth, *I will make thee the subject of my meditations continually* ; dh. mi le sòlas, *I looked with delight.*

dearcach,** *a.* Abounding in berries, bearing

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

berries, like a berry, relating to a berry. 2 Watchful, observant. 3†† Abounding in, of, or relating to, lizards.

dearcadh, -aidh, *s. m.* Advertence. 2**Looking, inspecting, examining, beholding. 3** Look, inspection, examination. A' d—, *pr. pt.* of dearc.

dearcag, -aig, -an, *s.f.* Little berry.

————ach, -aiche, *a.* Full of little berries.

———— -choille, *s.f.* Hurtleberry.

———— -Fhrangach, see dearc-Fhrangach.

———— -fhiadhaich,** *s.f.* Heathberry.

———— -fhraoich,** see dearc-fhraoich.

———— -mhonaidh, *s. f.* Bilberry, blaeberry—*Lochaber.*

dearcaidh, *fut. aff. a.* of dearc.

dearc-aitinn, -an-aitinn, *s.f.* Juniper berry.

dearcam, *1st.p. sing.* of dearc. Let me look. 2 (*for* dearcaidh mi) *fut. aff. a.* of dearc, I will look.

dearcan, *n. pl.* of dearc. 2 see deargan.

———— -allt, see deargan-allt.

———— -alltaidh, see deargan-allt.

———— -fithich,§ *s.m.* Whortleberry, see lus-nan-dearc.

———— -suiriche,** *s.m.* Bur.

dearc-bhallach, -aiche, *s.f.* Speckled serpent. 2 Lizard.

dearc-dharaich, -an-daraich, *s.f.* Acorn.

dearc-dhearg, -an-dearga, *s.f.* see raosar-dearg.

dearc-dhubh, -an-dubha, see raosar-dubh.

dearc-eighinn, -an-eighinn, *s.f.* Ivy berry.

dearc-fhiona,-an-fiona, *s.f.* Grape. 2 Crowberry.

dearc-Fhrangach, -an-Frangach, *s.f.* Red or white currant, see raosar-dearg & r.-geal.

dearc-fhraoich, an-fraoich,*s.f.* Blaeberry, heathberry, cowberry, bilberry.

dearc-fithich,§ *s.f.* Crowberry, see lus-na-feannaig.

dearc-iubhair, -an-iubhair, *s.f.* Yew berry.

dearc-luachair, see dearc-luachrach.

dearc-luachrach, -an-luachrach, *s.f.* Lizard, asp—*lacerta agilis.*

266. Dearc-luachrach.

dearc-luachrach uisge, *s.f.* Asker.

dearcnach, -aiche, *a.* Goodly, handsome. 2 Likely.

————adh, -aidh, *s.m.* Act of marking with emphasis. 2 of examining, of inspecting keenly. 3 of confirming by observation. 4* Of criticizing. A' d—, *pr.pt.* of dearcnaich.

dearcnaich, *pr.pt.* a' dearcnachadh, *v.a.* Mark with emphasis. 2 Confirm by observation. 3 Examine keenly, inspect. 4††View. 5*Criticize.

dearc-na-sùla, *s.f.* Apple of the eye.

dearc-ola, -an-ola, *s. f.* Olive.

dearc-roide,§ -an-roide, *s.f.* Bog-myrtle berry—*vaccinium uliginosum.* McL & D gives bilberry. [Badge of Clan Buchanan.]

dearc-ubhal,** -ail, *s.m.* Oak-apple.

dear-dhun,** -uin, *s.m.* Penitentiary, oratory. [dear-theach.]

dearg, deirge, *a.* Red, ruddy. 2 Flaming. 3 Red-hot. 4 Real, very, intense, inveterate. 5 Violent. 6 Downright mad. 7*Most abandoned,or notorious. 8 Complete. 9** Bitter. 10** Severe. 11**Turned or ploughed. 12†† Impetuous. 13 Gules, in *heraldry*, represented by perpendicular lines, see illust. D. amadan, *a complete fool* ; d. mhèirleach, *a notorious thief* ; d. strìopach, *a most abandoned strumpet* ; d. mar fhuil, *red as blood* ; air an d. chuthach, *stark mad* ; talamh d., *turned or ploughed land* ; feòil dh., *red* or *raw flesh.* [*Dearg* is often prefixed to a noun, when it is required to express an extraordinary degree of guilt, &c., as, tha 'n dearg-chiontach saor, *the glaringly guilty is free* ; tha 'n d. chuthach air, *he is mad with rage.*]



268. Dearg.

267. Dearc-roide.

dearg, *pr. pt.* a' deargadh, *v. a. & n.* Redden, make red. 2 Blush. 3 Plough. 4 Make an impression. 5**Kindle. 6** Burn. 7**rarely* Make, prepare. 8‡‡Draw blood. 9(AC)Wound. Cha d. e air, *it makes no impression on him* ; cha d. iubhair mi, *no arrow shall wound me.*

dearg, deirg, *s.m.* Red colour, crimson. 2 Red deer, mountain deer, roe. 3 Right hand side of land ploughed, as distinguished from *bàn*, the left hand side. 4 (AC) Impression, see deargadh. 5(AC)Wound. 6(AC)Creature. 7 Red mark on sheep. 8 *not* " a single fish." as given by ††. Cha d' fhuaradh d. éisg air an loch, means, (*they*) *did not find any fish at all on the loch.* Cha'n 'eil d. an abhainn, *there is not a fish in a river* ; aonach nan d., *the hill of deer* ; sruth an deirg, *the deer's brook* ; tha d. air an t-slinnean oirre, *it* (*the sheep*) *has the red mark on its shoulder.*

deargachadh, *pr.pt.* of deargaich.

deargad, *s.f.* see deargann.

deargadh, -aidh, *s.m.* Reddening, act of making red. 2 Act of blushing. 3 Ploughing, act of ploughing. 4 Impression. 5 Act of making an impression. 6**Kindling. 7(JM) The smallest of the dorsal fins, i.e. the one near the tail—*Hebrides.* 8 Ear-mark‡; for *na naoi deargadh*, see p. 238. 9 Creature. A' d—, *pr.pt.* of dearg. Cha toir mi d. air, *I cannot make an impression on it* ; cha d' fhuair sinn d. éisg, *we did not get any fish.*

deargaich, *pr.pt.* a' deargachadh, *v.a. & n.* Redden, make red. 2 Blush.

deargain, *gen. sing.* of deargan.

dearg-ainmhidh,(AF) *s.m.* Red cattle.

deargan, -ain, -an, *s. m.* Red stain, red dye, rouge. 2 Crimson. 3 Purple. 4 Essence. 5 Reality. 6 Bream (fish.) 7 (AF) Kestrel, hawk, falcon, red-necked phalarope, stenchel, redstart. †8 *s.f.* see deargann. 9††Red spot.

dearganach, -aich, *s.m.* Red-coat (cant term for a soldier.) 2 (DU) Mouse or rat before hair has grown on it.—d. lucha, d. radain. An aimsir a dhearbhar na dearganaich, *the time when the Whig soldiers were tested.*

dearganaich, *n.pl.* of dearganach.

deargan-aitinn, *s.m.* Juniper starter, bird found in Lewis.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

deargan-allt, -ain-allt, -ganan-allt, *s.m.* Kestrel, see clamhan-ruadh. 2(AC) Redstart. 3 ¶Red-necked phalarope—*phalaropus hyperboreus.*
————aidh, see deargan-allt.
deargan-coille,(AF) *s.m.* Bullfinch.
deargand, see deargann.
deargan-doirionn,* *s.m.* Nebula.
deargan-fraoich, -ain-, -anan-fraoich, *s.m.* Goldfinch. 2 Bullfinch, see corcan-coille.
deargan-ghiuthais,¶ *s.m.* see cam-ghob.
deargan-leadh, (AF) *s.m.* Red cattle.
deargann, -ainn, -nnan, *s. f.* Flea. Rinn e luath is deargannan ann, *he made ashes and leas there*, i.e. he stayed there long enough—J.G.P.
————ach,** -aiche, *a.* Full of fleas.
deargann-tràghad,(AF) *s.f.* Seashore flea, multipede.
deargan-seilich,¶ *s.m.* Common red-pole—*linota linaria.*
deargan-sneachda,¶ *s.m.* Redwing, see sgiath-deargan. 2 Snow-bunting, *s.m.* see eun-buidhean-t-sneachdaidh.
deargant, -aint, -an, *s.f.* see deargann.
dearg-chneadh, -chneidh, *s. m. & f.* Bloody wound, severe wound.
————ach,** *a* Causing bloody wounds. 2 Full of deep wounds.
dearg-chreadh, -a, *s.f.* Ruddle. 2**Ochre.
dearg-fhraoich, see deargan-fraoich.
†dearglaice, *s.f.* Offer, bribe.
dearg-las, *v.n.* Blaze up, break into flames. 2 Give out red flames.
————ach, see dearg-lasrach.
————rach, -aiche, *a.* Red-flaming. 2 Red-hot.
————adh, -aidh, *s.m.* Red-flaming, emitting red flames.
dearg-léigh, *s.m.* Surgeon.
————eachd,** *s.f.* Surgery.
deargnaich,‡‡ *v a.* Impurple.
deargnaidh, *a.* Unlearned.
dearg-shoilleir, *a.* Fallow.
dearg-shùil, -shùla, -shùilean, *s. f.* Red eye, blood-shot eye. 2**Flaming eye. A dh. fo dheòir, *his red eyes in tears.*
————each, -iche, *a.* Having red eyes. 2 Having blood-shot eyes.
dearg-theinn,(AC) *s.* Great difficulty.
dearlaic,** *s.f.* Gift.
dearlan, see dèarr-lan.
dearlanachd, see dèarr-lànachd.
dearmad, -aid, -an, *s.m.* Omission, negligence, neglect, forgetfulness. 2 Inattention, slight. Cuir air d., *neglect, forget*; ge dàil do fhear an uilc cha d., *though the wicked man's (punishment) is delayed, it is not forgotten*; na ma h-e do dh. a thoirt leat, *do not forget to bring it with you.*
dearmad, *pr. pt.* a' dearmad & a' dearmadadh, *v.a. & n.* see dearmaid.
————ach, -aiche, *a.* Forgetful, negligent, careless, inattentive.
————achd, *s.f.ind.* Negligence, carelessness, forgetfulness, inattentiveness, omission.
————aich, *v.* see dearmaid.
————ail, -dala, *a.* see dearmadach.
dearmaid, *pr.pt.* a' dearmad & a' dearmaideadh, *v.a. & n.* Neglect, fail to perform, disregard, forget, omit, slight, overlook.
dearmail, -e, -ean, *s.f.* Anxiety, solicitude. 2†† Worldliness.
†————, *a.* Anxious.
————each,†† *a.* Anxious. 2 Worldly.
————eachd,‡‡ *s.f.ind.* Anxiety.
dearmal, see dearmad.
————ach, -aiche, *a.* Anxious, solicitous. 2‡‡ Forgetful.
†dearmhail, *a.* Huge, very great.
†dearmhair, *a.* Huge, very great. 2 Excessive, violent, vehement.
†dearmharadh, -aidh, *s.m.* Wonder.
dèarn, see dèarnadh.
dèarn, *v.n.* Do, act, accomplish.
dèarna, *pl.* -rnan & -naichean, see dèarnadh.
dearnad, see deargann.
dèarnadair, -ean, *s.m.* Palmist, one who practises divination by palmistry. 2 Chiromancer.
————eachd, *s.f.ind.* Palmistry. 2 Chiromancy.
dèarnadh, -aidh, -aidhean, *s. f.* Palm of the hand. 2 Palm-ful. Air dèarnaibh mo dhà làimh, *on the palms of my hands.*
dèarnag, see dearnagan.
dèarnagan, -ain, -an, *s.m.* Small cake made on the palm of the hand. 2 Wafer. 3 Little hand. 4 *n.pl.* of dearnag. D. neo-ghoirt-ichte, *unleavened cakes.*
dèarnan,* *s.m.* Shoemaker's waxed thread.
†dearrach, -aich, *s.m.* Apartment in a monastery consecrated for prayers.
dearrais,(AF) *s.* Serpent, winged serpent.
dearral, see dearralach.
————ach, -aiche, *a.* Beggarly, wretched, poor.
————achd,** *s.f.ind.* Want. 2 Wretchedness. 3 Defeat.
dearras, -ais, *s.m.* see diorras. 2 *s.*(AC) Serpent. 3 *a.*(AC) Venomous.
dearras, (an) After. 2 Since, seeing that. An d. dhuit sin a dhèanamh, *since you have done that.*
dèarrasach, -aiche, *a.* Obstinate. 2 Fretful. 3 Keen, eager.
dearrasain, *gen. sing. & n. pl.* of dearrasan.
dearrasan, -ain, *s. m.* The noise of anything crackling, burning or roasting. 2 Hurling. 3 Gurgling. 4 Hissing, buzzing, rustling. 5 Snarling. 6 Flapping noise of a banner. 7** Balm cricket. 8**Hurry.
dearrasanaich, -e, *s.f.* see dearrasan.
dearrasan-uisge,(WC) *s.m.* Heavy shower of rain.
dèarr-làn,†† *s.m.* Complete fill.
————, *a.* Brimful
dèarr-lànachd, *s.f.* Brimfulness.
dèarrs, *pr. pt.* a' dèarrsadh, *v.a. & n.* Shine, beam, gleam, radiate, emit rays. 2 Burnish.
dèarrsach, -aiche, *a.* Shiny, bright, beaming, radiant, gleaming, effulgent, glittering, resplendent.
————,(DC) -aich, *s.f.* Heavy rain—*Uist.*
dèarrsachd,** *s.f.* Shining, gleaming. 2 Vigilance.
dèarrsadh, aidh, -aidhean, *s.m.* Brightness, radiance, splendour, effulgence. 2 Shining beaming, flashing, gleaming. 3 Sun-beam. 4 *Gleam, ray. A' d—, *pr. pt.* of dèarrs. D. na maidne, *the morning ray.*
dèarrsaich, *pr.pt.* a' dèarrsadh, *v. a. & n.* see dèarrs. 2** Watch, observe, be vigilant.
dèarrsaidheachd, *s.f.ind.* Vigilance, watchfulness. 2 Brightness.
dèarrsanta, see dèarrsach.
dèarrsg, *v.a.* Polish, burnish, make bright. 2** File. 3**Command. 4**Surpass.
dèarrsgach,** *a.* Polished, burnished. 2 Filed.
dèarrsgnach,** *a.* Polite, polished, excellent, complete, accomplished.
dèarrsgnach,** *s.m.* Polished or accomplished man.
dèarrsgnachadh, -aidh, *s.m.* Polishing, act of polishing, burnishing, brightening. A' d—*pr.pt.* of dèarrsgnaich.
dèarrsgnachd, *s.f.ind.* Politeness, excellence,

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

accomplishment.
dèarrsgnaich, see dèarrsg.
————-——e, -an, *s.m.* Polisher. 2 Polished, accomplished man.
†dèarrsgnaidh, -e, *a.* Wise, prudent.
dèarrsgnaidh, -e, *a.* Burnished, polished. 2** Polite. 3** Bright, of good parts, accomplished.
dèarrsgnuidh, *s.m.* see dèarrsgnaiche. 2 Science.
————-——eachd, *s. f. ind.* Polish, elegance, neatness. 2 Excellence.
dèarrsgta, *past pt.* of dèarrsg.
dèarrsnaiche,* see dèarrsgnaiche.
dèars, see dèarrs.
dèarsach, see dèarrsach.
dèarsadh, see dèarrsadh.
dèarsaich, see dèarrs.
dèarsaigheachd, see dèarrsaigheachd.
dèarsanta, -ainte, *a.* see dèarrsach.
dèarsgaich, see dèarrs.
†dèarsgnaidh, -e, *a.* Excellent, perfect. 2 Wise, prudent.
dèarsnaich, *v.* see dèarrsg.
†deart, *a.* Shining.
dearta ? contraction of " de thubhairt thu ?"
dèar-theach,** *s.m.* Apartment in a monastery appropriated for prayers and acts of penitence.
Deas, -eise, *s.f.* The South (*for* an àirde deas) 2**Pew. 3**rarely Order, rule, method. Bho 'n D., *from the South.*
deas, deise, *a.* South. 2 Right-hand (side.) 3 Ready, prepared. 4 Dexterous, skilful, expert. 5 Proper, fit. 6 Easily accomplished. 7 Pretty, handsome. 8 Trim, having an appearance of activity. 9**Portly. 10*Well-shaped, elegant. 11**Active. An làmh dh., *the right hand* ; gaoth dh., *or* gaoth á d., *a south wind* ; rinn thu sin gu d., *you have done that properly* ; duine d., *a well-shaped, personable individual*; *2 a prudent man—Lewis* ; am bheil thu d. (in *Lewis & Uist* deiseil) ? *are you ready ? have you done ?* bu d. dhomh sin a dhèanamh, *I could easily accomplish that* ; bu d. dhomh mo làmh a ghlacail, *I could easily engage*, or *close a bargain*; fhreagair e mi gu d., *he answered me readily;* d. dheth, *finished with it* ; air an deise dh'éireadh fonn, *who would most readily raise a song—Gu ma slàn a chì mi.*
deas,** *v.n.* Remain, abide.
deasach, *a.* Southerly.
deasach, -aich, *s.m.* South-countryman. 2 Native of Southern Gaeldom. 3 (MMcD) Loch Fyne type of fishing-boat.—*Lewis.*
————adh, -aidh, *s.m.* Preparation, dressing. 2 Act of preparing or dressing. 3 Baking. 4 Batch of bread. 5 Adorning. A' d—, *pr.pt.* of deasaich. Rinn e d., *he made preparation*; d. an fhùineadair, *the baker's dressing.*
————d,* *s.f.ind.* Aptitude, qualification, quality.
deasad, -aid, *s.m.* see deisead.
deasadan, -ain, *s.m.* Common-place book, book of reference. 2**Repository.
deasaich, *pr. pt.* a' deasachadh, *v.a.* Prepare, get ready. 2 Dress, cook. 3 Bake. 4 Gird. 5**Mend. 6**Correct. 7**Attemper. 8**Accomplish. 9**Adorn. D. do chlaidheamh, *gird on your sword.*
————e, *s.m.* Cook, baker. 2 Editor.
————te, *past pt.* of deasaich, Prepared, made ready. 2 Dressed. 3 Cooked. 4**Corrected. 5 Adjusted, amended.
deasail, see deiseil.
deasal, -aile, see deiseil.
————an, -ain, *s,m.* see deisealan.
————as, see deasalachd.
deasbair, -ean, *s. m.* Disputant. [** gives —e as *nom. sing.*]
————,* *v.a.* Argue, dispute.
————each, -aiche, *a.* Argumentative.
————eachd, *s.f.ind.* Dispute. 2 Reasoning, conference, debate, pleading, argumentation. 3 Wrangling. 4 Act of disputing or arguing, disputation. Mór dh., *much reasoning.*
————ich, *pr.pt.* a' deasbaireachadh, *v.n.* Dispute, plead, argue, wrangle.
————iche,** *s. m.* Disputant, pleader, arguer, wrangler.
deas-bhriathrach,(WC) *a.* Eloquent.
deasbud, -uid, -an, *s.m.* Dispute. 2††Debate, conference.
deascadh, -aidh, see deasgainn.
deas-chainnt, -e, -ean, *s.f.* Eloquence.
————-————each, *a.* Eloquent, witty, ready in replying.
deas-cheumach, -aiche, *a.* Stately in gait. 2 Having a neat manner of walking.
deas-fhacal, -ail, -clan, *s. m.* Ready word. 2 Smart reply.
deas-fhaclach, -aiche, *a.* Ready-witted. 2 Eloquent, ready-worded.
deas-fhear,‡‡ *s.m.* Ambidexter.
deasg, *v.n.* Parch.
deasgachd, *s.f.ind.* Parchedness.
deasgadh, -aidh, -ean, *s.m.* see deasgainn. †2 Lees, dregs. D. an t-sluaigh, *the rabble, the mob.*
deasgainn, -e, -ean, *s.f.* Rennet. 2 Yeast. 3 Lees, dregs, refuse.
————each,** *a.* Full of dregs, or lees. 2 Yeasty, barmy.
deasgainnean, given by * for deasgainn.
†deasgair,** *v.a.* Pluck off the ears.
deasganan, *Lewis* for deasgainn.
deasgann, -ainne, -an, see deasgainn.
deasghabhail, *s.f.* Ascension-day.
deasghair, -e, *a.* On the right hand.
deas-ghluasad,‡‡ *s.m.* Proper gestures.
deas-ghnàth, -àith, -an, *s.m.* Ceremony. 2 Custom, usage. Lagh nan d., *the ceremonial law.*
————ach, -aiche, *a.* Ceremonious, ceremonial. 2 Customary.
————achd, *s.f.ind.* Ceremony.
deas-ghnàth-tòrraidh, *s. m.* Obsequies, funeral rites or ceremonies.
deasgraich, -ean, *s.m.* Heterogeneous mass.
deasguinn, see deasgainn.
————each, see deasgainneach.
deas-iomairt,‡‡ *s.f.* Proper gestures.
deas-iùil,** see deiseal.
deas-labhairt, *s.m.* Eloquence, address, fluency of speech. 2‡‡Elocution.
deas-labhrach, -aiche, *a.* Eloquent, having a command of language.
deas-labhradh, -aidh, see deas-labhairt.
deas-lamh, -laimh, *s.f.* Right hand.
————ach, -aiche, *a.* Right-handed, ambidexterous. 2 Dexterous, "neat-handed." 3 Ready-handed. 4 Of, or pertaining to, a right hand.
————achd, *s.f.ind.* Ambidexterity. 2 Dexterity, "neatness" of hand.
deasmaireachd, see deasmireachd.
deasmaireas, see deismireachd.
deasmas, -ais, *s.m.* see deasmireachd.
deasoireach, -aiche, *a.* Spicy.
————d,** *s.f.* Spiciness.
deasp,(MMcL) *s.* Chain of a padlock.
deaspoireachd, see deasbaireachd.
deaspoirich, see deasbairich.
deaspud, -uid, see deasbud.
deasuchadh, see deasachadh.
deasuich, see deasaich.
deat, -a, *pl.* deathaid, *s.m. & f.* Unshorn year-

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

old ewe *or* wether. Cosmhuil ri d., *like an unfleeced year-old sheep.*

deatach, -aiche, -aichean, *s. f.* Smoke. 2 Vapour, steam, exhalation, fume. 3* Smoke on the point of breaking into flame. 4 Gas. Cuir d., *emit smoke ;* a' cur na deataich, *emitting smoke ;* breislich á deataich, *drunkenness from the fumes (of whisky ;* fhuair e car troimh 'n deataich, *he got a toss in the smoke.*—referring to a stroke of good luck. If you heard of anyone having £1,000 come in a windfall to him, you would say " Fhuair e car troimh 'n deataich," or " is ann roimhe a dh' éirich an naosg."

†**deatacha**, see deatachail.

deatachail, -ala, *a.* Smoky. 2**Misty. 3**Full of vapour or exhalation.

deatachair, -e, *a.* see deatachail.

deatachan, -ain, -an, *s.m.* Chimney, vent.

deatach-thalmhuinn, -aich-, *s.m.* Fumitory, see lus-deatach-thalmhuinn.

deataich, *gen. sing.* of deatach.

deatam, -aim, *s.m.* Anxiety, eagerness, solicitude. 2*Keenness.

———-—ach, -aiche, *a.* Anxious, eager, solicitous. 2* Necessary, needed—*Islay.* 3*Keen for the world—*Skye.*

deatamas,* -ais, *s.m.* Requisite, family necessity or want.

deathach, see deatach.

———-—ail, -ala, see deatachail.

———-— -thalmhuinn, see lus-deatach-thalmhuinn.

deathadh,(CR) *subj.* of rach, Would go—*Suth'd.*

deathaid,(AF) *s.f.* Two-year-old sheep.

deathnaid,(AF) *s.f.* Sheep separated from flock.

decreut,** *s.m.* Gaelic spelling of *decree.*

dée, *pl.* of dia. Ainm an dée, *the name of their gods.*

deibh, see mu dhéidhinn. 2 see diathaibh.

†**deibhe**, *s.f.* Care, diligence.

deibheach,** *a.* Hasty, hurried, flurried. 2 contentious. 3 Passionate.

————d,** *s. f.* Hastiness, hurriedness. 2 Contentiousness. 3 Passionateness.

†**deibheadh**, -eidh, *s.m.* Debate. 2 Battle. 3 Haste, speed.

deibhidhe,** *s.f.* Kind of verse or *dàn dìreach*, having several rules to be observed, among which are that the first quatrain shall end in a minor termination, and the second in a major termination. [This word, given by **, does not appear to be used in Scotland.]

déibhinn, see mu dhéidhinn.

déibhleach, *a.* Diminutive.

déibhleid, -e, -ean, *s.f.* Feeble, awkward, unhandy person.

déibhleidheachd, *s.f.ind.* Inability, awkwardness, wretchedness, clumsiness, helplessness.

déibhlin, -linne, *s.f.* Poverty.

déibhreagach,‖ *s.m.* Whitlow. [Preceded by the article *an.*]

deic, -e, *a.* Convenient, fitting. 2* Due. 3 Legal, lawful. 4 Sufficient. †5 Hairy. 6 Easy. Cha d. a dhol dhachaidh, *it is not easy to go home ;* cha d. luathas na h-earba gun na coin a chur rithe, *the swiftness of the roe is known without the loosening of the hounds*—N.G.P.

deich, *a.* Ten. D. clachan, *ten stones ;* d. fir, *ten men.*

deich-bhrigh, *s.f.* The decalogue.

————-——te, see deich-bhrigh.

deicheach, see deich-fillte.

deicheamh, *a.* Tenth. An d. fear, *the tenth man.*

————, -eimh, *s. m.* Tithe, the tenth part. 2 Decimal. 3 " Ten " at cards. Bheir mi d. dhuit, *I will give you a tenth part.*

————-—achd,** *s.f.ind.* Decimation.

————-—adh, *s.m.* see deicheamh, *s.*

————-—aich, *v. a.* Decimate, addecimate, tithe, divide into tenths.

deich-fillte, *a.* Ten-fold, decuple.

deichmhich, see deicheamhaich.

†**Deichmhios**, -a, *s.m.* December.

deichnear, *s.m.* Ten persons. 2 Decade. Air sgàth dh., *for the sake of ten persons ;* cha robh air fhàgail ach aon deichnear, *there were only ten left.* [Followed by the *gen. pl.*]

deich-ràmhach, Kind of boat, see p. 78. [A certain man when ordering a boat said, " sia-ràmhach a dhìon ochd-ràmhach, a dhèanamh feum deich-ràmhach, 's nach fhàgadh a bheag de luchd bìrlinn dà-ràmh-dheug ri là math soirbheis." At that time the price of a boat depended on the number of oars she carried, so the man wanted a 12-oared boat for the price of a 6-oared one.]

deich-roinn, -e, -ean, *s.f.* Decimal, tenth part.

————-—each, *a.* Decimal.

deich-shlisneach, -niche, -nichean, *s.f.* Decagon.

————————, *a.* Ten-sided.

deich-shlisneag,** *s.f.* see deich-shlisneach.

deich-thaobhach, -aiche, *a.* Ten-sided.

————-————, -aich, -aichean, *s.m.* Ten-sided figure, decagon.

deicir, -e, see deacair.

déid (for téid) see under rach & theirig.

†**deid**, *s.f.* Obedience, submission. 2 Care, diligence.

déid-chnàimh, see deud-chnàimh.

déide, see déideadh. 2** *rarely* Submission, obedience.

deide, see deid.

déideadh,‖ -idh, *s.m.* The toothache. [Preceded by the article *an.*]

déideag, -eig, -an, *s.f.* Pebble. 2 Toy, bauble. 3 Little fair one. 4 Ribwort, see slàn-lus. 5 ††Gift. 6††Darling one.

déidh, -e, -ean, *s.f.* Wish, desire, longing. 2 Contention. 3**Fondness, love. 4** *rarely* Protector, defender. A dh. air òl, *his great propensity for drink*; tha e an d. oirre, *he is very fond of her.*

déidh, *prep.* After. 'Na dh. sin, *after that;* 'na d., *after her;* 'nar d., *after us*; m' ar d., *about* or *concerning us*; 'nam dh.,*after me*; chuir mise 'nan d. mo ghlaodh, *I called after them.*

déidh-bhodach,** *s.m.* Old lecher. 2 Dotard.

deidhe,** *s.f.* Pair.

déidhealachd, * *s.f.ind.* Extreme or degree of desire or propensity. 2 Enthusiasm. 3 Industry.

déidheanach,**-aiche, *a.* Fond, loving, amorous. 2 Pretty. 3 Late, last, hindermost. 4 Dilatory.

déidheil, -eala, *a.* Desirous, fond of, addicted to. 2 Enthusiastic. 3 Persevering. D. air an uisge-bheatha, *fond of whisky ;* cho d. aig a ghnothach, *so enthusiastic at his business.*

déidhinn, see mu dhéidhinn.

déidh-làimh,* (an) *adv.* Too late, afterwards. 2 After-hand, behind. 3 In arrears.

déidhs,(CR) *s.f.* Gaelic spelling of *dais—Gairloch.*

deifir, -e, *s.f.* Haste, speed, hurry, expedition, despatch. 2 (PM) Difference. Cha'n 'eil e gu d., *it does not matter.* [A Gaelic form of *difference.*]

——each, -iche, *a.* see deifreach.

——ich, *v.a.* see deifrich.

deifreach, -riche, *a.* Hasty, in haste, speedy, expeditious. 2 Causing hurry or despatch. 3 Requiring expedition. 4 (PM) Eccentric. Gnothach d., *an affair requiring the utmost expedition ;* fhreagair mi gu d., *I answered*

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

speedily; duine d., *an eccentric* or *peculiar man*.
———adh, -aidh, *s.m.* Hastening, hurrying, act of hastening, hurrying or bestirring. 2 Haste, expedition. A' d—, *pr.pt.* of deifrich. A' d. gu mór, *hastening greatly*.
deifreadh,** -eidh, *s.m.* Haste. 2 Difference.
deifrich, *pr.pt.* a' deifreachadh, *v.a.* & *n.* Hasten, hurry, speed, bestir, make haste. D. ort, *be quick*.
———te, *past pt.* & *a.* Hastened.
deigh, -e, *pl.* -ean [-eachan & -eannan] *s.f.* see eigh. [Final *d* of the old artlcle has been attached in *déigh*.]
déigh, *prep.* see déidh.
deigh, *a.* More fit.
deigheach, -iche, *a.* see eigheach.
déigheanach, see déidheanach.
deigheanach,** -aich, *s.m.* see eigheanach.
dei heann,(DU) -inn, *s.m.* Shackles for a horse. Each air deighinn, *a shackled horse*.
déigheil, see déidheil.
déighinn, *for* mu dhéidhinn.
deighinn,(DU) *v.a.* Shackle, tie the legs of a horse to prevent it wandering far.
déigh-làimh, see déidh-làimh.
deighlean, -ein, -an, *s.m.* Quire of paper.
deighnich, *v.a.* Fetter feet of cattle, &c.
deil, -e, -ean, *s.f.* Turner's lathe. 2 Axle. 3 Sharp iron rod. 4 Mare. 5**Cow's udder. 6 (AF) Two-year-old sow or pig. 7 see deala. 8 Two, double. 9 see dealas. 10**Twig. 11 see déile. Fo sparradh an deile, *in the coffin*.
——, *a.* see déidheil. 2 see dil.
deil,** *v.a.* Turn with a lathe.
deil-aodannach, -aiche, *a.* Two-faced.
deilb,(AF) see dealb.
deilbh, -e, -ean, *s.f.* see dealbh. 2 *gen.sing.* of dealbh.
——, *v.a. pr. pt.* a' deilbh. see dealbh. Tha i 'deilbh an aodaich, *she is warping*.
†——, *a.* Fine, fair, sprightly. 2 Brave. 3 Sightly.
deil'-bhainne, (AF) *s.* Milk-dish *or* cup.
†deilbh-bhog, -oig, -oigean, *s.f.* Seal.
deilbh-chaochladh, see dealbh-chaochladh.
deilbheag, -eig, see dealbhag.
†deil-bhealach, -aich, *s.m.* Meeting of two ways.
deilbhean, -ein, see dealbhan. [†† gives —ein as *nom.sing.*]
deilbhich, *v.a.* see dealbh, *v.*
deilbhidh, see dealbhaidh.
deilbhin, -e, -ean, see dealbhan.
deilbhte, see dealbhta.
deilchead,** *a.* Ill. 2 Bad. 3 Sad.
deil-cheannach, -aiche, *a.* Two-headed, double-topped.
'deile ? (for ciod eile ?) *interr.pron.* What else ? 'D. a th' air t' aire ? *what else do you mean ?*; d. a dheanainn ? *what else could I do ?* ; d. a dheanadh e ? *what else would he do ?*
deile,* see déidhealachd.
deile, *gen.sing.* of deil.
déile, -idh, [-an &] -leachan, *s.f.* Deal, plank. 2 Plank on which a corpse is laid. 3 Pale in *heraldry*, to represent a narrow board as used in fencing. Tha e air an d., *he is stretched*—dead ; fo sparradh nan déilean, *in the coffin*.

déileach, *a.* Planked.
———adh, -aidh, *s.m.* Contabulation.
———an, *n.pl.* of déile.
déileadair, -ean, *s.m.* Turner. 2 Sawyer. *269. Déile.*
————eachd, *s.f.ind.* Turnery, business of a turner, or 2 of a sawyer.
déileag, -eige, -an, *s. f.* Little deal, board or lath. 2**Rod.
déileagach,†† *a.* Abounding in little deals.
†deileala, *s.f.* Space of two years.
deilean,** -ein, *dim.* of deil. Little lathe. 2 (AF)Gunnel (fish.) 3 see deileann.
deileang,(AF) *s.m.* Pig. 2 Young sow, two-yr. old sow.
deileann, -linn, *s.m.* Loud sharp barking, as of a dog. 2 Whining. Bha 'n cù a' d. fad na h-oidhche, *the dog was whining all night;* a' tabhannaich le deifir a bhi deileann air an tòrach, *briskly barking with eagerness to be at full bay in the chase*.
deile-aodannach,** *a.* see deil-aodannach.
deileas, -eis, see dealas. 2**Grudging through avarice.
———ach,(CR) *a.* Convenient, advantageous, having easy access to conveniences or advantages—*Skye*.
déile-bhogadain,(DC) *s.f.* See-saw—*Uist*.

deile-mhuc,(AC) *s.f.* Two-year-old sow
deile-roinn, *s.f.* Party per pale, in *heraldry*. *270. Deile-roinn.*
deile-thorc,** -thuirc, *s.m.* Two-year-old hog.
deilf,(AF) *s.f.* Dolphin.
deilg, *gen.sing.* of dealg.
deilge, *gen.sing.* of dealg.
deilginneach,* *s.* Shingles. 2 Small-pox.—*Islay*.
deilgionnadh, -aidh, *s.m.* Waste, havoc. 2 Depopulation.
deilgne, *s.pl.* Thorns, prickles.
———ach, -niche, *a.* Thorny, prickly. Cadal d., *the "pins and needles."*
———ach, -nich, *s.m.* Spear-thistle.
deil-gréine, *s.m.* see deò-ghréine.
deilich, *v.a.* see dealaich. 2**Board (with wood.) 3**Contabulate.
†deilidh, -e, -ean, *s.f.* Pursuit.
déilig, -ige, -ean, *s.m.* Gaelic spelling of *dealing*.
——, *pr. pt.* a' déiligeadh, *v.a.* & *n.* Deal, transact business, treat with.
——eadh, -idh, *s. m.* Transacting business. A' d—, *pr. pt.* of déilig.
deilin,** *s.f.* Trespass.
deilinn, *v.n.* Yelp, bark, as a dog.
†deill, *v.n.* Lean upon.
deillseag, -eige, -an, *s.f.* Blow with the open hand. 2**Slap on the breech. 3**Box on the ear or cheek.
†deilm, *s.f.* Noise, rumbling, trembling.
†deil-oidhche, *s.f.* Space of two nights.
†deilt, -e, *s.f.* Separation.
deil-tharruing, *s.f.* Trigger. 2 Iron nail.
deil-theine,(AH) *s.f.* Iron rod, used when heated, for boring holes in wood.
deiltre, † *s.m.* Druid idols. 2 School of magic.
——ach,†† *a.* Gilt.
——adh, -aidh, *s.m.* Gilding, lacquering.
deiltrich,** *v.a.* Gild.
———e,** *s.m.* Gilder.
†deim, *s.f.* Lack, want. 2 Failing, deficiency.
deimh, -e, *a.* Dark, hidden.
†deimhe, *s.f.* Darkness. 2 Defence, protection.
deimheas, -eis, -easan, see deamhas.
deimhinn,** *v.* see deimhinnich.
——————, -e, *a.* True, certain, of a truth, sure. Gu d., *truly, indeed, certainly* ; gu d., d., tha mi ag ràdh riut, *verily, verily, I say unto thee* ; d. sgeul, *a true story* ; tha a' dh. agam gu..., *I know for a fact that...*
déimhinn, -e, *s.f.* Desire or concern about anything.
——————each,** *a.* Affirmative.
——————eachd, *s.f.ind.* Certainty, proof.
——————ich, *pr.pt.* a' deimhinneachadh, *v.a.*

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

Affirm, confirm, ascertain, prove, verify, demonstrate, assure.
†deimhne, *s.f.* Assurance, certainty. 2 Truth. 3 Edged tools.
deimhneach,** *a.* Affirmative.
deimhnich, see deimhinnich.
†dein, *s.f.* Lack, want.
†dein, -e, *a.* Clean, neat. 2 Strong, firm.
déin, -e, *a.* Vehement.
déine, *comp.* of dian. More or most keen or eager. Mu choinneamh a' chath a's d., *pending* or *about to engage in the hottest battle.*
——, *s.f.ind.* Eagerness, keenness, vehemence, ardour, violence, impetuosity. 2**Neatness. 3**Cleanness. 4 Sometimes used for teine.
déineachd, *s.f.ind.* Keenness, violence, emphasis, vehemence, impetuosity, eagerness, fierceness, ardour.
————ach, -aiche, *a.* Rude, rough. 2 Vehement, violent, urgent, fierce. 3 Bold. 4 Keen. 5 Grievous. 6 Cruel. 7 Incessant. 8 Emphatic, (as speech.) 9 Mad. Uisge d., *incessant rain* ; labhair e gu d., *he spoke emphatically.*
déinead, *s.f.* Same meanings as déine.
déineas, -eis, *s.m.* Eagerness, keenness, vehemence, fierceness. 2* Faint attempt to be diligent or eager. 3 Impetuousness, violence. [* gives deineis as *nom.sing.*]
————ach, -aiche, *a.* see déineachdach.
————achd, *s.f.* see déineachd.
déineis, see déineas.
deinib, see deirbh.
deinmheach,** -hiche, *a.* Vain, frivolous. 2 Void.
————air,** *s.m.* Toyman, pedlar. 2 Trifling, vain fellow.
†déinmheas, -eis, *s.m.* Vanity, self-conceit. 2 Frivolousness.
déinmheasair, -ean, *s.m.* Vain, frivolous fellow.
deinmhich,** *v.n.* Vanish.
†deinmhin, -e, -ean, *s. m.* Vain fellow, trifler.
†deinmne, *a.* Swift, active.
deir, *v.n., pres. ind.* Say. Used thus, A deirim, *I say;* a deir thu, *or* deir thu, e, i, sinn, &c., *thou, he, she, we, &c. say.*
deir, -e, *s.f.* The Shingles, St. Anthony's fire.
deir-ainfhiach,** *s.pl.* Arrears.
†deirbh, *s.f.* Churn.
†deirbhe, see dearbhadh.
déirc, -e, -ean, *s.f.* Alms, charity. Thoir d., *give alms ;* naomh-dh., *alms collected at church;* mo dh. ort ! *give me alms !* ; chaidh mi air an d., *I took to begging ;* diol-déirc, *an object of pity.*
——each, -ich, *s.m.* Object of charity. 2 Beggar. Bu tu fuasgladh nan d., *thou wert the needy's aid.*
——each, -iche, *a.* Poor, penurious. 2 Ready to give alms, charitable. 3 Of, like, or pertaining to, alms or charity. 4**Seeking alms.
déirceachail, -hala, *a.* Charitable, almsgiving.
déirceag, -eige, -an, *s.f.* Term of contempt or ridicule for a parsimonious female. 2 **Female mendicant.
déircear, -eir, -an, *s. m.* Almoner. [†† gives -eir as *nom. sing.*]
deirciche, see deircear.
deircire, -an, *s.m.* see deircear.
déirc-Pheadair,(AC) *s.f.* (St. Peter's tribute.) The fish caught in the Isles on Xmas Day, and given to the poor.
déirc-roinneadair,** *s.m.* Almoner.
†deirdeas, *v.* They say.
deir-dhunnan,** *s.m.* see deir-thunnan.
†deire, *s.f.* Abyss, pool. 2 The deep.
déireach,(DU) *s.f.* Thrill, dirl, as the result of a sharp blow.
deire, -annan, see deireadh.
deireadh, *a.* see deireannach.
deireadh, -ridh, -ridhean, *s.m.* End, conclusion. 2 The end, rear, hindmost part of anything. 3 Stern of a ship. 4**Extremity. 5 Back of a cart.—*W. Isles, Argyll, &c.* D. na bliadhna, *the year's end* ; ceann deiridh, *hinder part, stern, posteriors* ; air dh., *behind*; air d., *last* ; d. feachd, *the rear of an army*; d. an ni seo, *the end of this thing;* d. na luinge, *the stern of the ship ;* d. cuaiche, *a round stern*, d. poite, *lees*; mu dh., *at last :* toiseach tighinn is d. falbh, *first to come and last to go* (motto of Goll MacMorna) ; feith ri a' dheireadh, *respice finem* ; aig d. an là is math na Domhnullaich, *the MacDonalds can be relied on at the end of the day* ; is beag an ni nach d. a's t-Fhoghar, *it is a little thing that is not a hindrance in Autumn.*
———— -buana,†‡ *s.f.* Harvest-home.
———— -cairte, *s.m.* Back of a cart.
———— -chrè, (PM) *s.m* In Uist, applied to the ingathering of the potato and turnip crop. The ordinary *deireadh-buana* comes first, followed by the d.-chrè, when the potatoes are secured.
———— -cuaiche, *s.m.* Round stern of a ship.
†deiream, *v. pres. aff. a.* I say.
deireannach, -aiche, *a.* Last, hindmost, latter. 2 Late, tardy, slow, dilatory, behind. 'S na laithean d., *in the latter days*; an neach d., *the last individual.*
————————d,** *s.f.* Backwardness.
deireannan, -ain, *s.m.* Dessert.
deireas, -eis,-an, *s.m.* Injury, harm, hurt. 2 Loss, calamity. 3 Defect, damage. 4 Mischief. 5 Requisite, convenience. 6 Want, scarcity. Deireasan; *domestic requisites or conveniences* ; tha mi gun d., *I am quite well* ; cha robh dìth no d. oirre, *she wanted nothing.*
deireasach, -aiche, *a.* Damaged, hurt, lame. 2 Mischievous, detrimental. 3*Very requisite, needful. 4 Defective. 5**Calamitous. 6** Injurious, hurtful.
deireasachd,** *s.f.* Injuriousness, hurtfulness, calamitousness.
deir'-fhiachan, *s.pl.* Arrears.
deirge, *comp.* of dearg. More or most red. Fìon a's d. dreach, *wine of the reddest hue.*
deirge, *s.f.* Redness, ruddiness. 2 Red, vermilion. D. shùl, *redness of the eyes.*
deirgead, -eid, *s.f.* Degree of redness, red. A' dol an d., *growing redder and redder.*
deirgid, *second comp.* of dearg. Is d. e seo, *it is the redder for this;* cha d. e sin, *it is not the redder for that.*
†deirginnleadh, -idh, *s.m.* Red cattle.
deirid,** *s.f.* Mystery. 2 Secret.
deirideach,** *a.* Secret, hidden, private.
deiridh, *gen. sing.* of deireadh.
deirim, see deir.
deirionnach, -aiche, see deireannach.
†deirire, *s.m.* Clamour.
deirse,** -an, *s.f.* Goal, gate.
†deirte, *past part.* Was said.
deir-thunnan, -ain, *s.m.* Dessert, collation.
dèis, *s.f.* Pew. Gaelic spelling of *dais.*
déis *adv.* An déis, (*not* for an déidh. Old Gaelic was " daneis," *after them.*‡) After. 2†† Afterwards.
déis,* *v.a.* Skelp the breech.
déis, *dat.sing.* of dias.
deis, *dat. sing. f.* of *a.* deas. 2 *gen. sing.* of *s.* deas, see deise.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

deisboireachd, see deasbaireachd.
deisceart,** *s.m.* The southern point, the south quarter.
deisciobul, -uil, *s.m.* Disciple.
————achd,** *s.f.* Discipleship.
deiscir,* *a.* Active, nimble. 2 Quick, fierce, sudden.
deiscreideach,** *a.* Discreet, prudent. 2 Grave, sober.
deis-dé,(AC) *s.* Girth, sanctuary, godwards, place of safety. 2 Spot in game "tig" where the player within is secure and cannot be touched.
deis-dé,†† *int.* Halt! Mu'n abradh tu "deas-dé," *before you had time to speak, before you could say "Jack Robertson."*
déisdinn, see déisinn & déistinn.
————each, see déisinneach.
déise, *gen. sing.* of *s.* dias.
deise, *gen. sing. f.* of *a.* deas. A dh'ionnsuidh na làimhe deise, *to the right hand.*
deise, *comp.* of deas. Is i a' Ghàidhlig ni 's d. dhomh na a' Bheurla, *Gaelic comes more readily to me than English.*
.——,‡‡ *a.* Dual. An t-àireamh d., *the dual number.*
deise, -achan, *s.f.* Suit of clothes.
deise,** *s.f.* Couple, pair, two persons. 2 see deisead.
deiseach,** *a.* Southern, Southerly, towards the South.
deiseachadh, -aidh, *s.m.* Dressing. 2 Going in full dress. 3 Decoration, ornament.
deiseachan, *n.pl.* of deise.
deiseachd, *s.f.ind.* Convenience, neatness, elegance, handsomeness, ornament, dress. D. muineidh *the ornament of learning.*
deisead, -eid, *s.f.* Neatness, elegance. 2 Readiness. 3* Symmetry of body, proportionable parts. 4**Cleanness. 5**Appositeness. Cha'n fhaca mi a leithid air dh., *I never saw its match for elegance.*
déiseag, -eige, -an, see déillseag.
déiseagaich,‡‡ *v. a.* Breech. 2 Whip on the breech.
déiseag-thubaist, *s.f.* Accidental slap with the open hand.
deiseal, -eala, *a.* Towards the South. southward. 2 Having a southern exposure. 3‡‡ Lucky. 4 Dexter in *heraldry.* 5 Ready, prepared. 6 Finished. Am feadh 'sa bhitheas a' ghrian a' dol d., *while the sun goes southwards;* d. air gach ni, *the sunward course with everything—south course, right direction;* cuimhnich am beagan a bha eadarainn, gu'm beil e d. dhomhs' agad, *remember that there is a little outstanding between us, you ought to have it ready for me.* Prosperous course, turning from east to west in the direction taken by the sun. D. air gach ni, *the sunward course (is the best) for everything.* This is descriptive of the ceremony observed by the Druids, of walking round their temples, by the south, in the course of their divinations, keeping the temple always on their right. This course was deemed prosperous, the contrary (tuathal) fatal, or at least, unpropitious. From this ancient superstition are derived several customs which are still retained amongst us, as drinking over the left thumb, as Toland expresses it, or according to the course of the sun. Martin says, "some of the poorer sort of people in the Western Isles retain the custom of performing these circles sunwise about the persons of their benefactors three times, when they bless them, and wish good success to all their enterprises. Some are very careful, when they set out to sea, that the boat be first rowed sunwise, and if this be neglected, they are afraid their voyage may prove unfortunate. I had this ceremony paid me when in Islay by a poor woman, after I had given her an alms. I desired her to let alone that compliment, for that I did not care for it; but she insisted to make these three ordinary turns, and then prayed that God and MacCharmaig, the patron saint of that island, might bless and prosper me in all my affairs. When a Gael goes to drink out of a consecrated fountain, he approaches it by going round the place from east to west, and at funerals, the procession observes the same direction in drawing near the grave. Hence also is derived the old custom of describing sunwise a circle, with a burning brand, about houses, cattle, corn and corn-fields, to prevent their being burnt, or in any way injured by evil spirits, or by witchcraft. This fiery circle was also made around women, as soon as possible after parturition, and also around newly-born babes. These circles were, in later times, described by midwives, and were deemed effectual against the intrusion of the *daoine sìth* or *sìthichean*, who were particularly on the alert in times of childbed, and not infrequently carried infants away, according to vulgar legends, and restored them afterwards, but sadly altered in features and in personal appearance. Infants stolen by fairies are said to have voracious appetites, constantly craving for food. In this case it was usual for those who believed that their children had been taken away, to dig a grave in the fields on quarter-day and there to lay the fairy skeleton till next morning, at which time the parents went to the place, where they doubted not to find their own child in place of the skeleton."
deisealachd, *s.f.ind.* Readiness, circumstance of being prepared. 2 Convenience.
deisealan, -ain, *s.m.* Box or slap on the ear.
deisealas, -ais, see deisealachd.
déisean, -ein, *s.f.* see déisinn.
deisear, -eire, *a.* see deisearach. Fonn gun d. gréine, *land without a southern exposure.*
deisear, *s.m.* Place having a southern exposure. The north side of the country round Loch Tay is called Deisear, and the south side, Tuathar.
deisearach, -aiche, *a.* Sunny. 2 Having a southern exposure. 3* Conveniently situated, handy. 4 Applicable. D. air an sgoil, *near the school*; taobh d., *a countryside which has a southern exposure.*
————d,* *s.f.* Convenience in point of situation. 2 Applicability.
deisear-gréine, *s.m.ind.* Southern exposure.
deisearra, *a.* see deisearach.
deisearrach, see deisearach.
deiseil, -e, *a.* see deiseal.
deiseir, see deisear.
deise-mharcachd,** *s.f.* Riding-habit.
déisg,†† *pr.pt.* a' déisgeadh, *v.a.* Crack, split, dry up.
déisgeadh, -idh, -idhean, *s.m.* Chink, crack, fissure.
deisgeanan, *s.pl.* see deasgainn.
deisgiobul, -uil, see deisciobul.
†deisibh,** *s.pl.* Lands.
deisich, see deasaich.
deisimeireachd, see deismireachd.
déisinn, -e, *s.f.* Dislike, disgust. 2 Abomination, abhorrence. 3 Enormity. 4**Sadness. 5**Squeamishness. 6**Numbness. 7**Fright. 8‡‡Pity. 9* Disgust at the conduct or con-

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

sequences of skelping the breeches. 10 Physical weakness. Shil mo dheòir le d., *my tears dropped with sorrow;* tha d. air t' fhiaclaibh, *thy teeth are numbed,* or *on edge.*

déisinn,** *v.a.* Hate, abhor, detest.

————each, -niche, *a.* Ugly, horrible, frightful, disgusting, shocking. 2 Sorrowful, sad. 3**Squeamish.

————eachd, *s.f.ind.* Disgustfulness, ugliness, frightfulness. 2**Sorrowfulness. 3**Squeamishness.

deis-iùil,** *s.f.* see deiseal.

deisleann, -ein, *s.m.* Beam or ray of light, proceeding from any luminous body.

†deismich, *v.a.* Dress, adorn.

deismireach, -iche, *a.* Curious, inquisitive.

————d, *s.f.ind.* Curious prolix talk, curiosity. 2 Quibble. 3 Quotation.

deismireas, -eis, *s.m.* see deismireachd.

déisneach, -niche, see déisinneach.

déis-nòin,‡‡ *s.* Afternoon.

déistean, -ein, -einean, see déisinn.

————ach, see déisinneach.

deisthinn, see déisinn.

————each, see déisinneach.

deisthinneachd, see déisinneachd.

déistinn, see déisinn.

————each, see déisinneach.

————eachd, see déisinneachd.

deith, *s.f.* Iron rod, used when heated for boring holes in wood.

†——bhir, -e, *a.* Legal. 2 *s.f.* Charge, custody.

†——bhrigh, see deifrich.

——ear, *Cowal* pron. of deifir.

†——idhe, *s.f.* Separation. 2 Care, diligence.

——ionn,(DC) *s.m. Harris, Skye & Lewis* for deubhann.

deithneach, -niche, *a.* Dainty.

deithleann, see deileann.

deithlinn, see deilinn.

deithneamach, -aiche, *a.* Worldly, avaricious, too eager for gain.

deithneas, -is, *s.f.* Haste, speed.

————ach, -aiche, *a.* Keen, hasty.

de-meine,(AC) *s.* God-like mind.

deò, *s. f.* Breath. 2 Air. 3 The vital spark, life. 4 Ray of light. 5 Vision. 6**Place where a stream falls into the sea. Gun d., *breathless ;* cha'n 'eil aige na chumas an d. ann, *he has not what will keep the vital spark in him;* tha e an impis an d. a chall, *he is on the eve of giving up the ghost ;* cha'n 'eil d. gaoith' ann, *there is not a breath of wind ;* d. gealbhain, *a spark of fire;* d. soluis, *a ray of light ;* cha tig d. de 'n ghréin a steach, *a single ray of sunshine shall not enter ;* an fheadh 'sa bhitheas an d. annad, *while you breathe ;* gun d. léirsinn, *without a ray of vision, stone-blind;* glacaibh mo dh., *take hold of my departing spirit* or *ghost ;* thug Abraham suas an d., *A. gave up the ghost.*

deobhail, see deoghail.

deobhal, -ail, see deoghal.

————ach, see deoghalach.

————adh, see deoghaladh.

deoc,(CR) *v.* Suck—*Lewis.*

deocadan,(AC) -ain, see deocan.

deocan, -ain, *s.m.* Valve. 2*Noise in sucking. 3(AC) Sponge-like substance coughed up by a new-born foal. 4 The five-leaved shamrock, supposed to grow out of this substance after it is buried.

———— -an-gamhnach, (MMcD) *s. m.* Honeysuckle.

deocan-dearga,‖ *s. m.* Red clover, see seamrag chapuill.

deoch, *irreg.s.f.* Thus declined:

	Sing.	*Plur.*
Nom.	deoch,	deochan, deochannan,
Gen.	dìghe, [*not* dibhe]	dheochan, dheocannan,
Dat.	deoch,	deochan, deochannan,
Voc.	a dheoch !	a dheocha !

Drink, potion, draught. 2 Any kind of strong liquor. Thoir dhomh d., *give me a drink;* thoir d. as, *take a draught out of it ;* d. m' eòlais ort ! *may we be better acquainted !* (the drink of my acquaintance on you) .

deoch,†† -a, -annan, *s.f.* Drink, dram.

†————,** *v.a.* Embrace tenderly.

————air,** *s.f.* Difference, distinction.

————al,** -ail, *s.m.* Grudging.

————an, *n.pl.* of deoch. Spirits, all sorts of drinks, liquors.

———— -an-doruis, *s.f.* Stirrup-cup, parting drink.

———— -bhàn,(MMcD) *s.f.* Gruel, oatmeal drink.

———— -bhiugh,¶ *s.* Greenshank—*totanus glottis.*

———— -cadail,‡‡ *s.m.* Sleepy dose.

———— -Chloinn Donnachaidh, *s.m.* Stirrup-cup, parting drink.

deoch-eiridinn,* *s.f.* Potion, draught.

deoch-eòlais,* *s.f.* The first glass drunk to a stranger.

deoch-ìobairt,‡‡ *s.m.* Drink offering.

deoch-làidir, *s.m.* Strong drink.

deoch-leighis,‡‡ *s.m.* Medicinal potion.

deoch-maidne, *s.f.* The morning drink among the better-class Gaels of old, being an egg switched in a glass of milk, with a little whisky added—*Gael. Soc. Inv.,* xiv, p. 147.

deoch-mairt, *s.f.* Huge drink (*tit.* cow's drink.)

deoch-réite,‡‡ *s.m.* Friendship bowl.

———— -rèith,‡‡ *s.m.* Flummery, sowens.

———— -sgliap,‡‡ *s.m.* Drink at other's expense.

———— -slàinte, *s.f.* Health, toast. Dh' òl (*or* ghabh) e mo dh., *he drank my health.*

———— -thumte,‡‡ *s.m.* Decanted drink.

———— -uasal,‡‡ *s.m.* Costly drink, foreign drink.

deodh, *a.* Everlasting.

deòdhas, -ais, *s.m.* see deòthas.

deoghaidh, see déidh (after.)

deoghail, *pr.pt.* a' deoghal, *v.a.* Suck, as infants, or the young of quadrupeds. 2**Imbibe.

deoghal, -ail, *s.m.* Suckling. 2(AF) Sucking calf.

————ach, -aiche, *a.* Sucking, suckling, apt to suck or suckle.

————adair,** -ean, *s.m.* Sucker.

————adh,** -aidh, *s.m.* Sucking. 2 Imbibing. 2 Suction.

————ag, -aige, -an, *s. f.* Honeysuckle, see uilleann.

————agach,** *a.* Like honeysuckle. 2 Full of honeysuckle.

deoghladair,** -ean, *s.m.* Sucker.

deoghann, (mo dheoghann) see mu dhéidhinn.

deòghlair,‡‡ -e, -ean, *s.m.* Imbiber.

deò-ghréine, *s.f.* The name of Fingal's banner. 2 Ray, sunbeam. D. MhicCumhail, *Fingal's banner.*

deòidh, (fa) *adv.* (*or* fa dheaghaidh) At last, finally.

deòigh, *adv.* see deòidh.

deòin, -e, *s.f.* Accord, assent, will, purpose. A dheòin, *willingly ;* am (= do m') dheòin-sa *with my consent* or *concurrence ;* le d. Dhé, *God willing,* ("D. V.") ; a dh. no a dh' aindeoin, *nolens volens ;* cha b' ann am dh. a rinn mi e, *I did not do it intentionally,* or *on purpose* (*I was forced to do it*) ; nach seachnadh le d. an àrach, *that would not willingly shun the field* (*of battle.*)

————-bhàidh, -e, *s.f.* Strong attachment. 2‡‡

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

Indulgence.
deòinich, *v.a.* see deònaich.
deòir, *gen.sing. & n. pl.* of deur.
†deòir,** *s.f.* Will,pleasure,inclination,purpose.
deòireachd, *s.f.ind.* Proneness to tears, *prov.*
deòirid, see deòiridh.
deoirideach, *s.m.* see deòiridh.
deòiridh, -e, -ean, *s.m.* Melancholy, tearful creature, see deurach. 2††Poor desolate creature.
†———, (given by ** as deòraidh,) -e, -ean, *s.m.* Disobedience. 2 Surety who withdraws himself. 3 Stranger. 4 Guest. 5 Exile. 6 Vagabond. 7(MMcL) Pilgrim.
†deòirseach, -ich, *s.m.* Slave. 2 Porter, doorkeeper.
deòl, *contr.* for deoghail.
deòlach, *a.* see deoghalach.
deòlachadh,‡‡ -aidh, *s.m.* see deoghaladh.
deolaidh,** *s.* Aid. 2 Dowry. 3 Grace, pardon.
deolag,** *s.f*, Honeysuckle, see uilleann.
———an,** *s.m.* Honeysuckle, see uilleann.
deolchadh,** -aidh, *s. m.* Sotting, drinking copiously.
deolchar,** -air, *s.m.* Present.
deònach, -aiche, *a.* Agreeable, willing, granting. Gu d., *willingly* ; an d. leat ? *art thou willing ?*
deònach,* *adv.* Most willingly, voluntarily. Is d. a dheanainn-sa e, *most willingly would I do it.*
deònachadh, -aidh, *s.m.* Granting, act of granting, giving consent. 2 Bestowing, bestowal, A' d—, *pr. pt.* of deònaich.
deònachas, -ais, *s.m.* see deòntachd.
†deonachd, *s.f.* Pudendum.
deònaich, *pr. pt.* a' deònachadh, *v.a.* Grant, vouchsafe. 2 Give consent, approve. 3** Bestow, impart. 4**Allow,permit. D. dhuinn gàirdeachas do shlàinte, *vouchsafe unto us the joy of thy salvation*; gu'n deònaicheadh Dia, *God grant.*
———te, *past part.* Allowed.
deòntach, -aiche, *a.* see deònach.
deontachd, *s.f.* see deòntas.
deòntas, -ais, *s.m.* Willingness.
deònuich, see deònaich.
deòr, -òir, see deur.
deòr, *s.m.* Feeble man.
deòir, *pl.* deòra, Almoner.
deòra, *s.m.* see deòradh.
†deòrach, -aiche, *a.* see deurach.
———adh, -aidh, *s.m.* Banishing, banishment. 2 Act of banishing or exiling. A' d—, *pr.pt.* of deòraich. Fhuair e d., *he got himself banished.*
———an, *s.m.* see deurach.
deòrachd, *s. f. ind.* Banishment, exile. 2 Pilgrimage. 3 Affliction. Air d., *in banishment.*
deòradh, -aidh, *pl.* -aidh & -aidhean, *s.m.* Alien, stranger. 2 Helpless, affiicted, forlorn being. 3**Fugitive, outlaw.
deòraich, *pr.pt.* a' deòrachadh, *v.a.* Banish, expel.
deòraidh, -e, -ean, see deòiridh. 2 *gen. sing. & n. pl.* of deòradh.
†———, -e, *a.* Strong, stout, robust.
———eachd, *s.f.* see deòrachd.
deòrail,** *a.* In tears, wretched.
deòranta,** *a.* Exotic, extraneous. 2 Banished, expelled. 3 Strange.
deoth,** *a.* Active, clever, manly.
deòthadh,§ *s.m.* Henbane, see gafann. 2 Drying up, as of water, evaporation. see dèabhadh.
deothaidh, (deoghaidh) 'S minn bheag as an deothaidh 'gan deoghal mu'n chrò, *and little kids following and sucking them about the fold. Donn. Bàn*, p. 109, 5th. Ed.
deothail, see deoghail.
deothal, see deoghal.
deòthan,‡‡ -ain, *s.m.* Air in gentle motion.
deòthas, -ais, *s.m.* Desire, longing, lust, great affection. 2**Fervour. 3‡ Eagerness. 4** Longing, as of a calf for its mother.
———ach, -aiche, *a.* Eager, fiery. 2 Fond, affectionate. 3* Very lustful, appetible, desirous, fervent, amorous. 4**Keen, as a calf for its mother.
———achd,** *s.f.ind.* Appetibility, avidity. 2 Earnestness.
deòthasaiche,** *s.m.* Amorous fellow, lecher.
———,** *comp.* of deòthasach.
deòthlag, *s.f.* Woodbine. 2**Honeysuckle.
———an,** -ain, *s.m.* Honeysuckle.
de 'r,(*for* de ar) Of our. 2 (*for* de ur) Of your.
†des, *s.f.* Land. 2 Spot, speckle.
†dese, *s.m.* Number.
†desreith, -e, -ean, *s.m.* Judge.
†det, *s.m.* Victuals. see diot.
deteigheach, -iche, see de-tigheach.
deth, *prep. pron.* Of him, of it. 2**From. 3** From off. 4**From among. Tog dh. ! *cease, nonsense !*; air mo shon-sa dh., *for my part of it.*
dethealaich,(JM) *s.f.* *Uist* for deith.
dethealaidh,(MMcL) see deith.
detheine, *s.f.* Boring-iron, *prov.* see deith.
detheodha, *s.f.* Henbane.
detheodhach,†† *a.* Abounding in hemlock.
deth-tigheach, *s.f.* *Uist* for de-tigheach.
detheogha, see detheodha.
de-tigheach, -iche, *s.f.* The weasand, gullet, windpipe, œsophagus, gorge, epiglottis.
deubh,* *s.f.* see deubhann.
deubh,* *v.a.* see dèabh.
deubhadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* see dèabhadh. †2 Fight, quarrel. 3(MMcL) Dregs, lees. Tha a' chuinneag a' d. (dèabhadh), *the pitcher is leaking.*
deubhann, -ainn, -an, *s.f.* Horse-fetter.
deubhoil,* *s.f.* Enthusiasm, eagerness.
———,* *a.* Keen, enthusiastic—*Islay.*
deuch,* *v.a.* Taste, try. 2 Sort.
deuchainn, -e, -ean, *s. f.* Trial, hardship. 2 Experiment. 3 Attempt, endeavour. 4 Probation. 5 Proof. 6 Essay. 7 Distress. Fhuair mi d. dheth, *I got a taste* or *trial of it* ; thoir d. dha, *give it a trial.*
deuchainneach, -aiche, *a.* Trying, difficult,hard, distressing.
deuchainneachadh,‡‡ -aidh, *s.m.* Molestation.
deuchainnich,‡‡ *v.a.* Molest.
deuchainniche, *s.m.* One taken on trial, probationer, candidate. 2 Competitor.
deuchainnichte,** *a.* Approved.
deud, *s.m.* Tooth. 2 see deudach.
deudach, -aich, *s.m.* The teeth. 2 Set of teeth. 3**Jaw. 'Ga chagnadh fo d' dheudaich, *to chew it under thy teeth* ; mur comas duit teum,na rùisg do dheudach, *if you cannot bite, do not show your teeth.*
deudach,* -aiche, *s.f.* Tooth-brush.
deudach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, teeth, dental. 2 Having a good set of teeth. 3 Dentated. 4 Of ivory. 5 Large-toothed. De chnàmha d., *of ivory.*
deudadh,** -aidh, see déideadh.
deudaiche,** *s.m.* Dentist.
deudair,** *s.m.* Dentist.
deud-cheartachadh, -aidh, *s. m.* Setting the teeth right.
deud-cheartachd,** *s.f.* Dentistry, business of a

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

dentist.
deud-chea… taich,** *v. a.* Set the teeth right, as a den… tist.
deud-chna… imh,** *s.* Ivory. Adharcan d., *ivory horns.*
deud-ghea… l,†† *a.* White-toothed.
deudhan, … see deubhann.
deug, *a.* … ten. [Used only in composition, as, Tri taigh… ean deug, *thirteen houses.*]
deunach, … *a.* Sad, heavy, melancholy.
———a… s, -ais, *s.m.* Sadness, heaviness, melancholy.
deur, deòir, … r, *s.m.* Drop. 2 Tear. 3 Any small quantity … of liquid. 4**Brine. A' sileadh nan deu… r, *shedding tears;* cha'n 'eil d. an seo, *there is …not a drop here;* a deòir a' snitheadh, *her tears … trickling.*
———ach, … aiche, *a.* Tearful, weeping. 2 Sad, mournin… g. 3 Dropping.
deurach, … aich, *s.f.* Burning pain, caused by a blow, la… sh, or sudden exertion. 2 Stunning report. Dlùths na d., *the closeness of the report of … ausketry, a rapidity of firing.*
———ach, … h, see deurach.
———ag, … -ain, *s.m.* Pain occasioned by cold in one's … finger ends.
deuradh, … aidh, *s.m.* Bed-clothes, *prov.*
deurail, -a… la, *a.* see deurach.
deuran,** … -ain, *s. m.* Little drop. 2 Small quantity … of any liquid.
deur-lus,§ … s.m. Moonwort, see luan-lus.
deur-shùil, … -shùla, -shùilean, *s.f.* Blear-eye. 2 Tearful … eye.
———————… each, -iche, *a.* Blear-eyed. 2 Apt to weep. … 3 Having tearful eyes.

dh, Fo… r words commencing with *dh* and not to be… le found below, see in their plain form under *d.*

dh' (*for* d… b) Used before certain tenses of a verb beginni… g with a vowel or *fh.*
dhà, *a.* T… wo. A dhà no a trì, *two or three.*
dha, *asp. f… orm.* of da. Thoir dha sin, *give that to him;* … leig dha (*or* leig leis,) *let it alone;* cha bu leis f… u dha, *he did not like it.*
dh' a, *pre… p+poss.pron.* To his, her, their.
dha, see … da, *to.*
dhachaidh, … *s.* Home. 2 *adv.* Homewards, to one's ov… n habitation, to one's own country. [also da… chaidh.]
dhabh, … *prov.* for dhaibh.
dh' adhla… cadh, (a) *infin.* of adhlaic, To bury.
dh'adhlai… c, *past aff. a.* of adhlaic, Buried.
dh' aidich… , *past aff. a.* of aidich, Confessed.
dh'aindeo… in, *adv.* In defiance, in spite of.
dha-san, *e… mphat. form* of dha.
Dhé, *gen.… & voc. sing.* of Dia. Taigh Dhé, *the house of … God.*
dhe, *asp. f… orm* of de. Am fear a's àirde dhe'n triùir, *t… he tallest of (from among) the three.*
dheanainn, … *1st. pers. sing. past subj.* of dean, I would d… o.
dheanamaid, … *1st. pers. pl. past subj.* of dean. We wou… ld do.
dheanteadh, … *past subj. pass.* of dean. Would be done.
dh' easbh… uidh, *prep.* For want of.
dhéibhinn, … see déidhinn.
dheo, (air) … see air neo.
dheth, *pre… p. pron., asp. form* of deth.
dh'fhaoid… teadh, *adv.* Perhaps. Dh. gu'n tig e, *perhaps he will come* ; ma dh., *perhaps.*
dh'fhios, … for do fhios.
dhi, *asp.… form* of di, *to her.*
Dhia, *gen.… & voc.* of Dia.
dhibh, *asp… form.* of dibh. *emphatic,* dhibhse.
dhinn, *asp… form* of dinn. *emphatic,* dhinne.
dhìom, *as… p. form* of diom. *emphat.* dhìomsa.
dh' ionnsaidh, *prep.* Towards, unto, to.
dhìot, *asp. form* of diot. *emphat.* dhiotsa.
dhìse, *asp. & emph. form* of di.
dhith, (a), Without. 2 For want of. Chaidh sin 'nam dhith, *I lost that.*
———, *asp. form* of dith.
dhithse, *asp. & emph. form* of di.
dhiù, see dhiubh.
dhiubh, *asp. form* of diubh. Cò dh.? *which of them ?* ; cuid d., *some of them* ; aon d., *one of them, emphatic.* dhiubhsan [& dhiubhsa.]
dhleasadh, *impers. v.* see dleas, *v.*
dhò, *a.* see dhà.
dho, for da.
dhoibh, *asp. form* of doibh. *emphat.* dhoibhsan.
dholaidh, see dolaidh.
dhomh, *asp. form* of domh. *emphat.* dhomhsa.
dhòsan, see dha(san.)
dhuibh, *asp. form* of duibh. *emphat.* dhuibhse.
dhuinn, *asp. form* of duinn. *emphat.* dhuinne.
dhuit, *asp. form.* of duit. *emphat.* dhuitse. Sin duit-sa, *that is for yourself* ; ciod sin duit-sa ? *what is that to you ?* sin duit, *behold, there's for you.*
dhut, *asp. form* of dut. *emphat.* dhutsa, see duit.
di, *prep.pron.* To her, to it (*f.*) Ni slainte tearmunn di, *salvation shall be a bulwark to her ;* ri sealltainn di, *while looking at her*; air sealltainn di, *after showing her.*
dì, *s.m.* see dìth.
di-,‡ *negative prefix,* also diom-, and dim-.
Di-, *or* Dia, -day, prefix in the names of the days of the week.
Dia, *s.m. irreg.* Declined thus :

	Sing.	*Plur.*
Nom.	Dia,	diathan, [dée & *déidh]
Gen.	Dhé, Dhia,	dhia, [& dhée]
Dat.	Dia,	dée, [déibh & diathaibh]
Voc.	a Dhé ! a Dhia !	a dhiatha !

God. 2 Divinity. 3 False god. 2 used as an *emphatic particle.* D. tha, *it is indeed ;* an d. cha robh, *in sooth it was not.*
dia-àicheadh, -idh, *s.m.* Atheism.
dia-àicheanach,** *a.* Atheistical.
dia-aicheanaiche,** *s.m.* Atheist.
dia-aitheas, -eis, *s.m.* Blasphemy.
dia-athair, -thar, -thraichean, *s.m.* God-father.
dia-bheum, *s.m.* Blasphemy.
———————ach, *a.* Blasphemous.
diabhlachd, see diabhlaidheachd.
diabhlaidh, -e. *a.* Devilish, diabolical. 2 Demoniac. 3 Hellish.
———————eachd, *s.f.ind.* Devilishness, demonism, extreme iniquity.
diabhluidh, see diabhlaidh.
diabhol, -oil, -bhlan [& -oil], *s.m.* Devil. An d. toirt leis thu, *the Devil take you ;* an d. mìr dhiot, *devil an inch of you* ; an d. toirt, *the Devil may care.*
†———nach, -aich, *s.m.* Necromancer.
diabhuilidh, see diabhlaidh.
†diabladh, -aidh, *s.m.* Twice as much, double.
diachadaich, *adv.* Especially—*Hebrides.*
diachainn, see deuchainn.
diachair, -e, -ean, *s.f.* Sorrow, grief.
diacharach, -aiche, *a.* Sorrowful, sad, oppressed with grief. Gu d., *sorrowfully.*
diacon,** -oin, *s.m.* Gaelic spelling of *deacon.*
diadha, *a.* see diadhaidh.
diadhach, -aiche, *a.* see diadhaidh.
———, -aich, *s.m.* Religious person, divine, clergyman.
———adh, -aidh, *s.m.* Deification, act of deifying. 2 Apotheosis. A' d—, *pr.pt.* of diadhaich.
diadhachd, *s.f.ind.* Deity. 2 Godliness. 3

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

Religion, theology. 4**Godhead. Anns an uile d., *in all godliness.*

diadhaich, *pr.pt.* a' diadhachadh, *v.a.* Deify, adore as a god.

diadhaidh, -e, *a.* Godly, Godlike, pious, divine. 'Nan giùlan d., *godly in their conduct*; gu d., *piously*; a ghluais gu d., *who walked righteously.*

————eachd, *s.f.ind.* Piety, godliness.

diadhair, -ean, *s.m.* Divine, minister of the gospel. 2**Theologian.

————eachd, *s.f.ind.* Divinity, theology.

diadhalachd, *s.f.ind.* Godliness, piety.

dia-dhean, *v.a.* Deify.

————adh, see dia-dheanamh.

————amh, -aimh, *s.m.* Deification, apotheosis.

diadhuidh, -e, see diadhaidh.

————, *s.f.ind.* see diadhaidheachd.

dia-dhuine, *s.m.* God-man, Christ, our Saviour.

Dia-dòmhnuich, see Di-dòmhnuich.

diag, see deug.

diaghaltach (air), (CR) *a.* Fond of anyone or anything—*Perthshire.*

Dia-haoine, see Di-haoine.

diaigh, see déidh.

diail,** *a.* Quick, immoderate. 2 Soon.

di-àirmhe, see di-àirmheadh.

di-àirmheadh,** *a.* Innumerable.

†dial, *s.m.* Weaning.

dial,** *v.a.* Wean.

dialadh,** -aidh, *s.m.* Weaning. Cuir air d., *wean.*

dialan,** *s.m.* Diary.

†diall, *s.f.* Submission. 2 Breech.

diall,* *s.m.* Attachment, fondness. 2 Continuance. see dìol.

——,** *v.a.* Attach, get fond of, as a child, &c.

——ag,** -aig, see dialtag.

dialladair, -ean, see dìollaidear.

diallaid,‡ -e, -ean, see dìollaid.

————eachadh, see dìollaideachadh.

————eachd, see dìollaideachd.

————ear, see dìollaidear.

————ich, see dìollaidich.

†dialon, -oin, *s.m.* Diary.

dialta, *gen.sing.* of dìallaid.

dialtag, -aige, -an, *s.f.* see ialtag. 2**Species of bonnet-grass. 3**Vespertinus murinus.*

————ach,†† *a.* see ialtagach.

———— -anmoch,(CR) see ialtag.

Dia-luain, see Di-luain.

Dia-màirt, see Di-màirt.

†diamann, -ainn, *s.m.* Food, sustenance.

diamha,(AC) *s.* Grief. Á taigh nan diamha dùbhra, *from the house of grief and gloom.*

diamhain, -e, see dìomhain.

diamhair,‡ -e, *a.* Secret, private. 2**Mysterious, unintelligible. 3**Solitary, lonely. 4** Dark. Gleannan d., *a solitary little glen*; rùn d., *a secret purpose.*

————eachd,‡ *s.f.ind.* Privacy, mystery, secrecy. 2 Recess, lonely place. 3 Loneliness, solitude, concealment, obscurity. 4 Darkness.

————eas, -eis, *s.m.* same meanings as diamhaireachd. 2(AH) Piece of important and exclusive information confided by a person to another under a promise of secrecy.

————ich,‡ *v.a.* Secrete, hide, make private.

Dia-mhallachadh, -aidh, *s.m.* Blasphemy.

Dia-mhallaich,* *v.a.* Blaspheme.

diamhanach, -aiche, *a.* see dìomhanach.

diamhanas, -ais, see dìomhanas.

Dia-mhaoin, -e, *s.f.* Church-property. 2**Charity given in church. 3 Deodand.

diamhar, see diamhair.

diamharan,** -ain, *s.m.* Mystery. 2 Hermit. 3 Hermit's cell.

Dia-mhaslach, -aiche, *a.* Blasphemous.

————adh, -aidh, *s.m.* Blasphemy. 2** Blaspheming.

————air, -ean, *s.m.* Blasphemer.

Dia-mhasladh, see Dia-mhaslachadh.

Dia-mhaslaich, *v.a.* Blaspheme.

dia-mhàthair, -ar, -mhàthraichean, *s.f.* God-mother.

diamhlachadh,** -aidh, *s.m.* Darkening. 2 Growing dark or coloured.

†diamhladh, -aidh, *s.m.* Place of retreat or refuge.

†diamhlaich, *v.a.* Make dark.

dian,(AF) *s.m.* Worm.

dian, déine, *a.* Hasty, vehement, eager, keen, headlong, precipitant. 2 Violent, furious. 3 Nimble, brisk. 4**Strong. 5**Sad. [Often used before the noun it qualifies.] Osag dh., *a violent blast*; tòrachd dh., *eager pursuit*; gach neach d., *every hasty person*; d. fhearg, *fiery indignation*; (*adv.*) d. theth, *intensely hot*; d. iarr, *importune*; d. loisg, *burn vehemently*; d. mhear, *furiously lustful*; tha thu tuilleadh d. orm, *you press me too hard*; 'na dhian-mhiamhuil, *meowing dreadfully.*

dian-abaich,** *a.* Precocious.

dian-abachd,** *s.f.* Precocity.

dian-achanaich,†† *s.f.* Earnest supplication or prayer.

dianadach, see deanadach.

dianag, -aig, -an, *s.f.* see dìonag.

dianaich,‡‡ *v.a.* see dìonaich.

dian-airm,** *s.m.* see dìon-airm.

dianas, -ais, see déineas.

————ach, see déineachdach. Gu d., *ardently.*

dian-astarach, *a.* Active-footed. 2 Quick-moving.

dian-athchuinge, -an, *s.f.* Importunate request, fervent prayer.

————ach,** *a.* Importunate, fervent in prayer.

dian-bharalach,‡‡ -aiche, *a.* Assertive, conceited in one's own opinion.

————d, *s.f.* Peremptoriness.

dian-bhriathraich, *v.a.* Asseverate.

†diancecht,‖ *s.m.* God of the powers—*deus salutis*—name for the sage of leech-craft.

dian-chnusachadh,‡‡ -aidh, *s.m.* Plodding.

dian-chòmhla, see dìon-chòmhla.

dian-chorruich,** *s.* Fierce wrath.

dian-dheothas,** *s.m.* Fervent zeal. 2 Bigotry.

————ach,** *a.* Fervent. 2 Bigoted. 3 Zealous. Gu d., *fervently.*

dian-fhearg, -fheirge, *s.f.* Great indignation. 2 Fiery wrath.

————ach,** *a.* Wrathful, in a great rage. Causing great wrath.

dian-fhòireigneadh, -idh, *s.m.* Close pursuit. 2 Oppression.

†dian-ghalar, *s.m.* Fast consuming disease.

dian-ghluasad,** -aid, *s.m.* Violent motion. 2 Great agitation.

dian-iarr,‡‡ *v.a.* Implore.

————tachd, *s.f.ind.* Importunity.

dian-imeachd,(PM) *s.f.* Fast walking.

dian-liosdach,** *a.* Importunate. Gu d., *importunately.*

————d,** *s.f.* Importunacy.

dian-loisg, *v.a.* Burn vehemently.

————each, -iche, *a.* Burning vehemently.

dian-lorgadh, *s.m.* Keen search. 2 Act of searching keenly or eagerly.

dian-lorgaich,** *v.a.* Pursue hotly. 2 Persecute.

dian-lorgair,** *s.m.* Persecutor. 2 Pursuer.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

dian-lorga-eachd, *s.f.* see dian-lorgadh.
dian-losga-h, -eidh, *s. m.* Vehement burning. 2 Act or circumstance of burning vehemently or fiercely. A' d—, *pr.pt.* of dian-loisg.
dian-mhag-adh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Keen derision, mockery.
dian-mhea-r, *a.* Extremely merry.
dian-ruaga-dh, -aidh, *s.m.* Close pursuit, keen pursuit.
dian-ruith-e, *s.m.* Keen running, rushing, running at full speed. 2 Eager, impetuous motion.
———*v.n.* Run impetuously.
dian-shruth, *s.m.* Rapid stream, torrent.
dian-smuainich,‡‡ *v.n.* Apply, study.
dian-sparra-dh, -aidh, *s.m.* Urgent demand, injunction pressing order.
dian-theas, *s.m.* Intense heat, fervent heat. 2 Fervent zeal.
dian-theth,** *a.* Intensely hot.
dian-thogach,** *a.* Ambitious. 2 Extremely covetous. 3 Keen.
dian-thogadh,** -aidh, *s.m.* Ambition. 2 Extreme covetousness. 3 Keenness.
diardan, -ain, *s.m.* Anger, surliness, snarling.
———ach,** -aiche, *a.* Angry, surly, snarling. Gu d., *in a surly manner.*
———achd,** *s.f. ind.* Angriness, surliness, churlishness.
Diardaoin, *s.m.* Thursday. D. a' bhrochain mhóir, *Maunday Thursday.* It was at one time a custom in the Long Island, if the usual drift of seaweed were behind time, to go on Maunday Thursday and pour an oblation of gruel on a promontory, accompanying the ceremony by the repetition of a certain rhyme.—N.G.P.
dia-riaghladh, *s.m.* Theocracy.
diarmad,** see dearmad.
di-armaich, *v.a.* Disarm.
diarras, -ais, *s.m.* see diorras.
———ach, -aiche, *a.* see diorrasach.
dias, see dithis.
——, déise, *dat.* déis, *pl.* diasan, *s. f.* Ear of corn. 2** Corn. 3** Blade of a sword. Seachd diasan, *seven ears of corn*; fo dhéis, *in ear*; fàs déis, *the growth of corn.*
diasach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, ears of corn. 2*Luxuriant, as a crop. 3**Bladed, as corn. Coirc d., *bladed oats.*
diasad,** -aid, *s. f.* Ear of corn. 2 Blade of corn.
———ach, *a.* see dias-fhada.
diasag, -ag, -an, *s.f.* Little ear of corn. 2 Ludicrous name for a satirist's tongue.
diasaich,** *v.* Fork.
diasair, *v.a.* Glean, as a corn-field.
diasan, *n. pl.* of dias.
Dia-Sathuirn, see Di-Sathuirn.
diasdach, -aiche, *a.* see diasach.
dias-fhada, *a.* Long-bladed.
diasradh, -aidh, *s.m.* Gleaning.
diathaibh, *dat. pl.* of Dia. Gu d. eile, *to other gods.*
diathan, *n. pl.* of Dia.
di-baigh,(AC) *a.* Loveless, merciless. 2(PJM) Impartial.
†dibeadach,** *a.* Negative.
dibearra,‡‡ *a.* Banished. 2 Uncertain.
———ch, *s. & a.* see dìobarach.
———chd, see dìobarachd.
———iche, *s.* see dìobarach, *s.*
dibeartha, see dibearra.
———ch, -aich, see dìobarach.
di-beathte,(CR) *past pt. & a.* Welcome—*W. of Ross-shire, Uist, Suth'd. &c.* Tha sibh d., *you are welcome.* [Not a good form, but a phonetic spelling of *deagh-bheatha-te*, the *deagh* of which is pronounced *dì* in some parts.] Pronounced *di-beatht'* in *Lewis.*
†dibeoil, -e, *a.* Mute, dumb.
dibh, *prep.pron.* Of you, from you, off you.
dibh, Given by ** in error as *dat. sing.* of deoch.
†dibh, *s.f.* Farm.
di-bhall,** *v.a.* Dislimb.
———aich,** *v.a.* Dislimb.
dibh-bhruaineach,(AF) *s.m.* Mite.
dibh-chailin,(AF) *s.* Mite.
dìbhe, erroneously used for dighe.
†dibheal, *a.* Weak. 2 Old.
dibheach, -ich, *pl.* -a & -an, *s.m.* Ant.
dibhealaich,** *a.* Without way or passage. 2 Pathless. 3 Impassable.
†dibhearadh, -aidh, *s.m.* Consoling, consolation.
dibheargach, -aiche, *a.* Vindictive. 2 Wrathful.
———, *s.m.* Robber. 2 Fugitive.
dibhearsain, Gaelic spelling of *diversion.*
dibh-fhearg, -fheirge, *s.f.* Vengeance. 2 Wrath, rage, indignation.
dibh-fheirg, see dibh-fhearg.
†dibhirce, *s.f.* Endeavour.
dibhirceach, -ciche, *a.* Diligent. 2 Fierce, violent, unruly.
di-bhladhaich,** *v.a.* Repeal, abrogate.
dibhleachadh,** -aidh, *s.m.* Abrogating, abrogation, repeal.
di-bhlasda,** *a.* Insipid, tasteless.
di-bhrìgh,** *s.f.* Contempt. 2 Neglect.
di-bhròg-ach, -aiche, *a.* Unshod, without shoes.
di-bhruaineach,(AF) *s.m.* Mite.
dibh-se, see dibh.
dì-bidh,(DU) *s.* Mild form of cursing. D. ort! *confound you!*
di-bidhidh,(PM) *s. Uist* form of dì-bidh.
†dibineachd, *s.f.* Extremity.
dìbir, see dìobair.
dibir,** *s.f.* Abandonment. 2 Neglect, forgetfulness.
dibirt, -e, see dìobairt.
dì-bith,(AC) *a.* Lifeless. 2 Luckless.
dìbleachd, see dìblidheachd.
dìbli, see dìblidh.
dìblich,** *v.a. & n.* Make vile. 2 Become vile or wretched. 3 Demean, lower. 4 Become drooping.
dìblidh, -e, *a.* Vile, mean, abject. 2 Bashful. 3**Wretched, poor. 4**Vulgar, worthless. Do 'n anrach dh., *to the destitute wanderer.*
———eachd, *s. f. ind.* Meanness, abjectness. 2 Wretchedness. 3**Poverty. 4 Bashfulness.
dìbreachan, -ain, see dìobarachan.
dìbreadh, -idh, see dìobradh.
dìbrigh, -e, *s.f.* Contempt. 2 Disrespect.
———eil, -eala, *a.* Contemptible, contemptuous.
Di-ceadoine, see Di-ceudaoin.
Di-ceudaoin, *s.m.* Wednesday. D. na luaithre, *Ash Wednesday*; D. seo chaidh, *last Wednesday;* D. seo tighinn, *next Wednesday*, "*Wednesdayfirst;*" Là ceudaoin, *on a Wednesday.*
dìchairt, *v. a.* Peel, take off the bark, decorticate.
dì-chaisg, *a.* Uncontrollable.
dì-chathairich,** *v.a.* Disenthrone.
dìcheall, -eill, see dìchioll.
———ach, -aiche, see dìchiollach.
———achd, see dìchiollachd.
†dichealtair, *s. m.* Deer-park. 2 Shaft of a spear.
dì-cheann, *v.a.* Behead.
———ach, -aich, *s.m.* Beheaded man.
———achadh, see dì-cheannadh.
———achd, *s.f.ind.* Decapitation.
———adh, -aidh, *s.m.* Decapitation, act of

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

beheading. A' d—, *pr.pt.* of dì-cheann.
dì-cheannaich, *v.a.* Behead.
————aichte, *past pt.* of dì-cheannaich.
————ta, *past pt.* of dì-cheann.
dì-cheartachadh,** *s.m.* Disfranchisement.
†dicheil, *s.f.* Disguise.
dìchill, *gen. sing.* of dìchioll.
-———, *s.f.* Protection.
dìchioll, -ill, *s.m.* Diligence. 2 Attempt, endeavour. 3 Utmost endeavour. 4**Perseverance. 5*Forlorn effort. Le móran d., *with much diligence.*
————ach -aiche, *a.* Diligent, industrious, endeavouring, persevering, careful.
————achd,** *s.f.ind.* Practice of diligence. 2 Industry. 3 Perseverance. 4 Carefulness.
dìchiollaich, *v.n.* Endeavour.
dì-chliù,** *s.* Disrepute.
dì-chòireachadh, -aidh, *s.m.* Disfranchisement.
dì-chòirich,** *v.a.* Disfranchise.
dì-chrannachadh, -aidh, *s.m.* Dismasting.
dì-chrannaich, *v.a.* Dismast.
————————te, *past pt.* of dì-chrannaich.
dì-chreid, *v.a.* Disbelieve.
————eamh, -imh, *s.m.* Disbelief, unbelief, scepticism, infidelity.
————mheach, -iche, *a.* Unbelieving, incredulous, sceptical.
————mheach, -ich, *s.m.* Unbeliever, infidel, incredulous person.
————te, *a.* Incredible.
dì-chuimhne, *s.f.* Forgetfulness, oblivion, neglectfulness. Tìr na d., *the land of forgetfulness;* air dh., *forgotten*; leig air d., *forget.*
————ach, -iche, *a.* Forgetful, heedless, oblivious.
————achadh, *pr. pt.* of dì-chuimhnich.
————achd,** *s.f.ind.* Carelessness.
dì-chuimhnich, *pr.pt.* a' dì-chuimhneachadh, *v.a.* Forget. 2**Neglect.
————eadh, -aidh, *s. m.* Forgetting, act of forgetting, forgetfulness.
Di-ciadain, see Di-ceudaoin.
Di-ciaduin, see Di-ceudaoin.
diclìt,(AH) *s.f.* Gaelic spelling of *decree.*
dì-cnamhaidh,** *s.* Indigestion.
dìd, -e, -ean, *s.f.* Peep.
dìd,* *a.* Worse.—*Islay.* Is beag is d. (misd') thu sin, *you are little the worse for that.*
dìdeag, *s.f.* Peep. 2**Sly look. 3**Small candle. D. ort! *I am peeping at you.*
———ach, *a.* Peeping.
———aich, *s.f.* Peeping. Ciod an d. a th'ort? *what are you peeping at?*
dìdean, -ein, -einean, *s.f.* Fort, rampart. 2 Protection, defence, sanctuary, refuge. 3 **Preservation. 4**Safety. Fo dhìdein, *in safety*; is d. glìocas, *wisdom is a defence;* a' guidhe an dìdein, *begging their defence.*
————ach,** *a.* Protecting, affording protection or shelter. 2 Ready to shelter or protect.
————achadh, -aidh,** *s.m.* Protection, protecting, fortifying.
————aich, *pr. pt.* a' dìdeanachadh, *v.a.* Defend, protect, fortify.
————aichte, *a. & past pt.* of dìdeanaich. Defended, protected.
————air,** *s m.* Defender. 2 Fortifier.
dìdeann, see dìdean.
————, *v.a.* see dìdeanaich.
dìdeanta, *a. & past pt.* of dìdeann.
dìdearachd,(PM) *s.f.* Peeping—*Uist & Skye.*
dìdein, *gen. sing.* of dìdean.
———ich,†† see dìdeannaich.
di-dhaoineachadh, -aidh, *s. m.* Depopulation, act of depopulating.
dì-dhaoinich, *v.a.* Depopulate, lay waste, extirpate.
dì-dhìol,** *s.m.* Arrears.
dì-dhuilleach, *a.* Without leaves or
dìdil, *s. f.* Act of peeping, looking through a hole. 2**Great love. 3
dìdinn, *s.f.* see dìdean.
———, *v.a.* Defend, protect.
dìdionn, -inn, see dìdean.
————air, -ean, *s.m.* Protector, gu
dìdneadh, -idh, *s.m.* Protection, d
d—, *pr.pt.* of dìdinn.
dì-dhuilleach,** *a.* Without leaves
Di-dòmhnuich, *s.f.* Sunday. D. c
see crum-dubh. Là Dòmhnuich, *a*
dì-fhrìthich,** *v.a.* Disforest.
dì-fhulang, *a.* Intolerable.
difir,‡ *s.* Gaelic form of *differ.*
dìg, -e, -eachan, *s.f.* Ditch, drain. to keep out an inundation. 3 Wa stones, dike. [The word *dike* is a ditch or mound in England, but onl in Scotland.] Thuit e 'san d. a rin *into the ditch which he made.*
dìg,* *v.a.* Dress, hoe up, as potatoes row. 3 Drain.
†dìgealre,‖ *s.* Health.
†dìge, see dìghe & deoch.
dìgeach, -iche, *a.* Full of, or like, di Dikes.
dìgear, -eir, -ean, *s.m.* Ditcher.
dìgeireachd,†† *s.f.ind.* Ditching.
digh,* *s.f.* Conical mound built by t 2 Fairy-hillock. 3 Rampart. D. n anta, *a noted fairy knoll in Islay.*
digh, *v. n.* Come, arrive. Gu'n dhachaidh, *welcome home—Lewis.*
dìghe, *gen.sing.* of deoch.
†dighe, *s.f.* Succour, help. 2 Satisfa
†dighe, *a.* Condign, adequate.
†dighin, *v.a.* Suck.
†dighiona, *a.* Morose, surly.
dighne, *s. m.* Degenerate *or* dwarfis
dì-ghreanna,** *a.* Bald.
————chd, *s.f.ind.* Baldness.
dìgire, see digear.
Di-haoine, *s.m.* Friday. Di-haoine D-imàirt gu buain, ach obair a t Di-luain bidh i luath no bidh i mal *day sow, and mow on Tuesday, but th gun on Monday will be either quick* Monday, being the first free day of gives a good chance for getting on v but if one relies too much on hav dance of time, the work will probab off. D. seo chaidh, *last Friday*; D. inn, *next Friday*, "*Friday first.*"
Though Friday has always bee unlucky day in various Christian and even among such people as the still in the Hebrides it is supposed lucky day for sowing the seed in th Good Friday in particular is a fav for potato planting—even strict make a point of planting a bucket day. Probably the idea is, that a surrection followed the Crucifixion ial, so too in the case of the seed, death will come life.
dil,(DU) *s.f.* Very small quantity, dro Cha'n 'eil d. uisge agam, *I haven' water.*
dìl, *s.f.* see dìle.
dil, *s.* Attention.
dil,* *a.* Diligent, persevering, zeal 2 Keen, close.
dì-lachdach, -aich, *s. m.* see dìllea
dì-làrachadh, -aidh, *s.m.* Depopulati

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

dì-làraich, *v.a.* Utterly destroy, annihilate.
dì-làthaireach, *a.* Absent.
———————d, *s.f.ind.* Absence.
dì-làthairich, see dì-làirich.
dile, *gen.* dìleann, *dat.* dìlinn, *s.f.* Flood, deluge. 2 Heavy rain. 3**Blast. 4**The Earth. An d. ruadh, *Noah's flood*; an searbh dh., *the bitter blast*; ged thigeadh d., *though rains were to come;* ged nach tigeadh dìleann a thigeadh tu, *though you should never come—Lewis.*
dile, *comp.* of dil.
dile,‡ *s.m.* Strong-scented or common dill—*anethum graveolens.*
dile, *s.m.* Wort.
†dile, *s.f.ind.* Love, friendship, affection.
dìleab, -eib, *s.f.* Legacy. Mar dh., *as a legacy.*
——ach, -aich, *s.m.* Legatee, heir.
——ach, -aiche, *a.* Of,or belonging to, a legacy.
——aiche, -an, *s. m.* Testator. 2 Legatee. Cha d' eug duine riamh gun d., *no man ever died without an heir.*
——air, *s.m.* see dìleabaiche.
dileach, -aiche, *a.* Beloved, affectionate.
dìleach, *a.* Deluging, rainy.
dìleag, -eig, -an,†† *s.f.* Blossom, flower.
dileag, -eig, -an, *s.f.* Drop, small quantity of liquid.
dìleagach,†† *a.* Abounding in flowers.
dileagach,†† *a.* Abounding in small drops of liquid.
dileagh,** *v.a.* Digest food.
†dileaghadh, -aidh, *s.m.* Digestion.
dileaman,** -ain, *s.m.* Love, affection. 2 Kindness.
dìleann, *gen.* of dìle.
dileann,(PJM) *s.m.* Rope used to tie the forelegs of a horse, to prevent its jumping over dikes—*Lewis.*
dileant, -a, *a.* Profound. 2 Inundating, rainy. Gu d., *for ever.*
dìleas, dìlse, *a.* Beloved. 2 Faithful, loyal, trusty. 3 Favourable, faithful. 4 Nearly related or connected. 5‡‡Just. 6**Friendly. 7 Real, as opposed to spurious. Bi d. do 'n rìgh, *be loyal to the king*; d. dhomh, *nearly related to me*; d. do d' mhaighstir, *faithful to your master;* na 's dìlse, *more loyal;* gach d. gu deireadh, *the best loved last*; tearmunn d., *a trusty refuge*; airgiod d., *real silver*; is d. duine dha fhéin, *a man is faithful to himself.*
†dìleas-choimhead, *s.f.* Protection.
dì-leum,‡ (accent on leum) *s.m.* Shackle. 2(DC) Horse-fetter—*Uist.*
dilghean, *s.m.* Affection. 2 Suppression.
dilgheann, -inn, *s.m.* Destruction, plundering, pillaging.
†dilgionadh, -aidh, *s.m.* Emptying.
dìlib, see dìleab.
——each, see dìleabach.
dìlich,** *v.a.* Digest, as food.
——te,** *past part.* of dìlich.
dilimich,(AC) *v.a.* Endow.
dìlinn, *dat.* of dìle. Gu d., *ever*; gu d. cha dùisg thu, *thou shalt never awake*; gus an caillear an d. aois, *till age is lost in the flood of time*; cha d. a thig e, *he shall never come.*
——, *a.* Endless. 2 *in situ.* 3 see diolain. Leac d., *a stone in situ, a rock appearing above ground.*
—— each,** *a.* Deluvian, inundating.
dìlionnach, -aiche, *a.* Deluging.
dìlionn, see dìleann.
dìliseachd, see dìlseachd.
dilit,** *s.m.* Peewit, see adharcan-luachrach.
dilleachd, see dilleachdan.
———ach, -aiche, *a.* Fatherless.
———an, -ain, -an, *s.m.* Orphan. 2**Little orphan.
———anachd,** *s.f.* Orphanage.
———as,‡† -ais, *s.m.* Orphanage.
dilleann,(PM) *s.m.* The depth of the earth. As an d., *out of the depth of the earth!*(as a spring,) —*Uist.*
dilmain,** *a.* Meet, proper, fit, becoming.
dilse, see duileasg.
dilse, -an, *s.m.* see dìlseachd.
——, *comp.* of *a.* dìleas. More or most faithful, related, or friendly.
——,** see dìlsean. 'Nuair a thig thu chum mo dh., *when you come to my kindred.*
——achd, *s.f.ind.* Affection, love. 2 Friendship. 3 Relationship. 4 Faithfulness, fidelity, loyalty. 5**Esteem. 6**Subjection, subordination. 7**Propriety. 8**Relations, kindred. Mo dh., *my relations*; do dh. chuir mi an céill, *I have shown thy faithfulness.*
——ad, -eid, *s.f.* see dìlseachd.
——an,** *n. pl.* of dìlse. Relations, kindred, connections, "friends."
†dilte, *s.f.* Nutriment.
dilteadh, see dìoladh.
Di-luain, *s.m.* Monday. D. seo chaidh, *last Monday*; D. seo tighinn, *next Monday*, "*Monday first*"; D. bannaig, *the first Monday after Christmas,* D. an t-sainnseil, *the first Monday after the New Year.*
dì-luchdachadh, -aidh, *s.m.* Disencumbrance. A' d—, *pr.pt.* of dì-luchdaich.
dì-luchdaich, *v.a.* Disencumber. 2 Unload
Di-miàrt, *s.m.* Tuesday. D. Inid, *Shrove Tuesday*; *2 The Carnival.*
dim-baigh, see di-bàigh.
dimbith, see di-bith.
dimbrigh, see dì-brìgh.
———each, see dì-brìgheil.
———eil, -eala, see dì-brìgheil.
dìm-buaidh, -e, *s.f.* see diom-buaidh.
———each, -iche, see diom-buaidheach.
dìmeas, *v.a.* Despise, slight, undervalue.
———, *s.m.* Contempt, reproach, disrespect, disesteem. 2**Bad name, bad character. 3 Scarcity of fruit. Dean d., *despise*; cuir air d., *despise*; fo dh., *despised.*
———ach, -aiche, *a.* Despicable, contemptuous, contemptible, mean, disrespectful.
———da, *a.* Despised, slighted, undervalued.
———dachd, *s. f.* Disrespect. 2 Disrespectfulness. 3 Disrepute.
dìmheas,** *s. m.* see dìmeas. 2 Scarcity of fruit. [** gives Great honour, high esteem, but *dìmheas* in that case is a phonetic spelling of a provincial pronunciation of *deagh-mheas.*]
———ach, -aiche, *a.* see dìmeasach. 2 Proud, contemptuous, servile.
———ail, see dìmeasach.
———da, see dìmeasda.
———dachd, see dìmeasdachd.
dì-mhill, *pr.pt.* a' dì-mhilleadh, *v. a.* Destroy, abuse.
———eadh, -idh, *s.m.* Destroying, destruction, act of destroying. A' d—, *pr. pt.* of dì-mhill.
———teach, -ich, see dì-mhilltear.
———tear, -eir, -eirean, *s.m.* Destroyer. 2* Miserable person.
dì-mhilltear, *fut.pass.* of dì-mhill. Shall be destroyed.
dimhin, see deimhinn.
dimhin,** *s.* see dimhneachd.
———eachd,** *s f.* Provision. 2 Caution. 3 Heed. 4 Confidence.
dì-mhisneachadh,‡‡ -aidh, *s.m.* Brow-beating. 2 Discouragement.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

dì-mhisneachail,(PM) *a.* Faint-hearted.
†dimhneachd, *s.f.* Confidence.
dimhnich, see deimhnich.
dimhnidheach,** *a.* Sad. Gu d., *sadly.*
————d,** *s.f.ind.* Sadness.
di-mhol,** see di-mol.
————adair, see di-moltair.
di-mholtair,** *s.m.* Slanderer.
dì-miadh, -miaidh, *s.f.* Disrespect, irreverence, dishonour.
dì-mill,†† see dì-mhill.
dì-millteach, -ich, *s.m.* Glutton, *prov.* 2 Cow or horse that breaks through fences.
†dimnidheach, *a.* Sad, sorrowful.
†————d, *s.f.* Sadness, sorrowfulness.
dimreas,** -eis, *s.m.* Necessity, want.
di-mol, *pr.pt.* a' di-moladh, *v.a.* Dispraise, underrate, abuse, disparage.
di-moladair, see di-moltair.
di-moladh, -aidh, *s. m.* Dispraise, act of dispraising, abusing, disparaging or underrating, disparagement, slander. A' d—, *pr. pt.* of di-mol.
dì-molta,** *a.* Dispraised, blamed, censured, disparaged, slandered.
di-moltair, -ean, *s.m.* Dispraiser, disparager, slanderer.
†din, *a.* Pleasant, delightful, agreeable.
†din, *s.* Sucking.
†din, *v.a.* Drink, suck.
di-nàire,** *s.f.* Shamelessness.
di-nàireach,** *a.* Shameless.
†dì-naisg, *v.a.* Disjoin, loosen, undo.
dinait,** *v.a.* Desolate. 2 Dislocate.
————eadh,** -eidh, *s.m.* Dislocation.
din-aodach,** -aich, *s.m.* Frock.
dì-nasgach,** *a.* Dissolute.
dì-nasgadh,** -aidh, *s.m.* Untying, loosening. 2 Disjoining,
†dine, *s.f.* Generation, age. 2 Beginning.
dineach,** -ich, *s.m.* Salutary draught.
dineamait, *s.f.* Gaelic spelling of *dynamite.*
†di-neart, for Dia-neart.
dì-neart, -eirt, *s.m.* Imbecility. 2** Infirmity.
————aich, *v.a.* Weaken, enfeeble. 2 Flank.
din-eudach, see din-aodach.
ding, *v.a.* see dinn.
——, *s.f.* see dinn.
†dinge, *s.f.* **Thunder. 2 *s.pl.* Dictates, doctrine. 3 Oppression, tyranny.
————adh, -idh, *s.m.* see dinneadh.
dingir, *s.f.* Custody. 2 Incarceration. 3 Place of confinement.
————e, -an, *s.m.* Paver's rammer. (dinnear.)
diniath,** *s.* Headpiece.
dinib,** *s.* Drinking.
dinidh,(AF) *s.m.* Lamb.
†dinimh, *s.f.* Weakness. 2 Diminution.
dinn, *prep. pron.* Of us, from us, concerning us, from amongst us.
dinn, *s.f.* Wedge. †2 see dùn.
——, *pr. pt.* a' dinneadh, *v. a.* Press, force down, cram, stuff. 2 Trample. 3 Wedge. 4 **Invade, encroach.
dinne, *prep. pron., emphat.* of dinn.
————ad, *s.f.* see déinead.
dinneadh, -idh, *s.m.* Pushing in, stuffing, forcing down. 2 Act of pressing, trampling or stuffing. 3**Depression. 4** Encroaching. A' d—, *pr.pt.* of dinn.
dinnean, -ein, *s.m.* Small heap. 2 Pittance. 3 ††Small quantity, as of meal.
dinnear, -an, *s.m.* Paver's rammer. 2 Wedge. 3 Ramrod.
dinneasg, -eisg, -an, *s.f.* Mischief, mishap.
dinneir, dinnearach, [-ean &] -ichean, *s.f.* Dinner. An déidh tràth dinnearach, *after dinner-time.*
dinnire, see dinnear.
†dinnis, *s.f.* Oath. 2 Contempt.
dinnsear, see dinnear.
————, -eir, -eirean, *s.m.* Ginger.
————ach,†† *a.* Gingery.
dinnte, *a. & past pt.* of dinn. Pressed, closely stuffed, packed.
————achd,* *s f.ind.* Condensity.
dinseadh,** -idh, *s.m.* Contempt.
†diobadh, -aidh, *s.m.* Point. 2 Edge. 3 Prick. 4 Thorn.
dìobair, *pr.pt.* a' dìobradh, *v. n.* Desert, quit, abandon, forsake. 2 Omit. 3 Neglect. 4 Fail. 5* Extirpate, expel, root out. 6 Depopulate. 7 Banish. 8**Forget. 9**Depart. 10**Put away in anger. 11**Circumvent. Na d. a bhi mar iadsan, *do not forget to be like them* ; na flathan a dh., *the nobles who have departed ;* an d. màthair a ciochran ? *can a mother forget her suckling ?* ; dh. mi an deanntag, *I have extirpated the nettle.*
————each, -ich, see dìobarach.
dìobairt, -e, *s.m.* same meanings as dìobradh.
————e, *past part* of dìobair.
diobanach, see diobarach.
diobar,** -air, *s.m.* Disrespect, contempt.
diobarach, see dìobarach.
diobarach, -aich, *s.m.* Deserted, forlorn person. 2 Outcast. 3 Exile. 4 Orphan. Dìobaraich Israeil, *the outcasts of Israel.*
————,** -aiche, *a.* Banished. 2 Needy. 3 That banishes.
dìobarachan,** -ain, *s.m.* Wanderer, outcast, exile,destitute person. 2 Orphan.
dìobarachd, *s.f.ind.* The condition of a forlorn, deserted or banished person. 2 Banishment, exile. 3**Want. Fhuair e 'dh., *he was banished.*
†diobhadh, -aidh, *s.m.* Destruction. 2 Death. 3 Inheritance, any transitory or worldly inheritance. 4 Dowry, portion.
†diobhaidh,** *v.a.* Destroy, ruin.
diobhaidh,** *a.* Impious. 2 Destructive. 3 Ruinous.
dìobhail, -alach [& -e,] -ean, *s.m.* Loss. 2 Defeat. 3 Destruction, ruin. 4 Mischief,harm. calamity, distress. 5 Pity. 6 Want. 7** Robbery. 8** Profusion. 9**Frenzy. 10** Injury. Thàinig an d., *their destruction came*; d. misnich, *want of courage ;* mo dh. ! *my ruination !* is mór an d., *it is a thousand pities ;* a dh. làimh, *without a hand, with the loss of a hand.*
dìobhaileach, see dìobhalach.
————adh, -aidh, *s.m.* Compensation. A' d—, *pr.pt.* of dìobhailich.
————d, see dìobhalachd.
dìobhailich, *pr.pt.* a' dìobhaileachadh, *v.a.* Impair. 2 Recompense, compensate, make up deficiencies.
dìobhair, *pr.pt.* a' dìobhairt & a' dìobhradh, *v.n.* Throw up, vomit.
————t, *s.m.* Vomiting, act of vomiting. A' d—, *pr.pt.* of dìobhair.
dìobhalach, -aiche, *a.* Destructive. 2 Robbed, spoiled, damaged. 3 Profuse. 4 Detrimental. 5 Extravagant. 6 Adverse. 7 Abortive. 8 Ablative. 9 Mischievous, hurtful, pernicious. 10*Heart-rending.
†————, -aich, *s.m.* Ablative case.
————d,** *s.f.* Privation. 2 Robbery. 3 Damage. 4 Destruction. 5 Ablation.
dìobhalaich,‡‡ *v.a.* Impair.
————e, *s.m.* Impairer.
dìobhall, *a.* Old, ancient, antique.
dìobhanach,** -aich, *s.m.* Outlaw.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

———————, -aiche, *a.* Lawless, unruly.
———————d, *s.f.ind.* Lawlessness, unruliness.
dìobhar,** *s.m.* Disrespect. 2 Omission.
dìobhargach, -aiche, *a.* Keen, fierce.
dìobhargadh, -aidh, *s.m.* Persecution. 2 Captivity, slavery.
dìobhathadh, -aidh, *s.m.* Destruction.
———————as,** -ais, *s.m.* Ingratitude.
dìobhlach,** *a.* Prodigal.
———————d, *s.f.* Prodigality.
†dìobhladh, *s.m.* Accusing.
†dìobhlaiseach, *a.* Prodigal.
dìobhlas,** -ais, *s.m.* Prodigality.
†dìobhraice, *a.* Warlike. 2 Destructive.
†dìobhrath, *v.a.* Discover.
dìobhruaineach,(AF) *s.m.* see di-bhruaineach.
†dìobhuan, -ain, see diom-buan.
dìobhuantachd, see diom-buanachd.
†dìobhuidhe, *s.f.* Ingratitude.
dìobhuidheach,** *a.* Ungrateful, thankless. Gu d., *ungratefully.*
dìobhuidheachas, -ais, *s.m.* Ingratitude.
dìobhuir,* *pr. pt.* a' dìobhairt, see dìobhair.
———————t, see dìobhairt.
diobrach, see dìobarach.
———————an, see dìobarachan.
dìobradh, -aidh, *s.m.* Forsaking, abandoning, deserting, failing. 2 Banishing. 3*Extirpating. 4**Banishment. 5 (PM)Lessening.—*Uist.* A' d—, *pr.pt.* of dìobair. Cha'n 'eil d. air an uisge, *the rain is not abating.*
dìocail, *pr.pt.* a' dìocladh, Lower, diminish, assuage. 2 Abate, as rain.
dìochain, -e, see dì-chuimhne.
dìochairt, see dì-chairt.
dìochanach, see dì-chuimhneach.
diochd, -a, *a.* Small.
†dìochoisgeach, -iche, *a.* Implacable.
dìochrach,** *a.* Diligent, zealous.
†dìochron, *a.* Immediate, without time.
†dìochuidh, *a.* Small.
dìochuimhne, see dì-chuimhne.
———————ach, see dì-chuimhneach.
dìochuimhnich, see dì-chuimhnich.
diocladh, -aidh, *s.m.* Act of lowering, diminishing, assuaging. 2 Abatement. Uisge gun d., *incessant rain.*
diocras,** *s.m.* Inappelancy.
†diocuir, *v.a.* Drive.
†diocuireadh, -idh, *s.m.* Driving, expulsion.
diod,* *s.f.* Drop, spark. [** gives *s.m.*]
——ag, -aig, -an, *s.f.* Sip. 2**Drop of water.
——agach, ** *a.* Guttulous.
‡diodhailin, s. Mote, atom.
†diodhaoineachadh, *s.m.* Depopulation.
†diodhaoineadh, *s.m.* Depopulation.
†diodhma, *s.m.* Fort, fortification.
†dìodhnadh, *s.m.* Satisfaction, comfort.
diofhlainn,** *a.* Pale, bloodless.
†diofhulaing, -e, *a.* Intolerable.
diog, -a, *s.m.* Syllable. 2 The least possible effort of speech. 3 Breath. 4 Life. Na h-abair diog, *do not say a syllable*; cha'n 'eil d. ann, *he is breathless*; cha'n 'eil d. innte,—applied to a cow found to be without calf after taking the bull—*Lewis.*
diog, see dìge.
——ail, *pr.pt.* a' diogladh, *v.a.* Tickle. 2 Suck closely.
——ailt, -e, *s.f.* Tickling. 2 Terror. 3 Crisis of timerous determination. Cuir d. ann, *tickle him.*
——ailteach, -aiche, *a.* Tickling. 2 Ticklish, difficult, dangerous.
diogair, -e, *a.* Eager, keen, vehement.
diogalach,** *a.* Sucking closely. 2†† see diogailteach.
diogaladh, -aidh, *s.m.* & *pr.pt.* see diogladh.
dìogan, -ain, *s.m.* Revenge. 2 Severity. 3 Spite. 4 Grief, sorrow. 5 Cruelty.
dìogana, *a.* see dìoganach.
———————ch, -aiche, *a.* Fierce. 2 Revengeful, spiteful. 3*Severe. 4*Cruel. Gu d., *revengefully, vindictively.*
———————achd, *s.f.* Revenge, spite. 2 Cruelty. 3**Fierceness.
dìoganta, see dìoganach.
dìogantach, see dìoganach.
———————d, see dìoganachd.
diogar,** *a.* Eager, intent, vehement.
†diogha, *a.* The worst.
dìoghail, *v. a.* Revenge, avenge, retaliate, repay, requite. 2 (AH) Pay or settle, as in a commercial transaction.
———————t, *s. f.* Revenge, vengeance, spite. 2 Grief, sorrow. D. fear na dàlach, *the tardy man's revenge.*
———————te, *a.* & *past pt.* of dìoghail. Revenged, avenged, retaliated.
†dìoghais, *a.* High, tall, stately.
dìoghalt, -ailt, see dìoghaltas.
———————a, *past pt.* see dìoghailte.
———————ach, -aiche, *a.* Revengeful, vindictive. 2**Fond. 3* Requiring much.
———————ach,** -aich, *s.m.* Avenger. 2 Revengeful person. An d. mi-cheart, *the unjust avenger.*
———————achd, *s.f.ind.* Revenge, spite. 2 Cruelty.
———————aiche, -an, see dìoghaltach.
———————air, -ean, *s.m.* Avenger. 2**Revengeful man.
———————as, -ais, *s.m.* Vengeance, punishment, revenge, spite. 2 Grief, sorrow. Dean d., *revenge.*
———————asach, -aiche, *a.* see dìoghaltach.
†dìoghann, *a.* Plentiful, not scanty.
dìoghaoth,** -aoithe, *s.m.* Blast in corn.
†dìoghart,** *s.m.* Decollation.
†dìoghbhail, see dìobhail.
dìoghbhalach, *a.* see dìobhalach.
dìoghladair,** *s.m.* Bridle-cutter.
dìoghladair, see dìoghaltair.
———————eachd, see dìoghaltachd.
dìoghladh,** -aidh, *s.m.* Avenging, revenging, repaying. 2 Revenge, requital. 3 Injustice. 4(AH) Act of settling or paying, as in a commercial transaction. A' d—, *pr.pt.* of dìoghail.
dìoghlaidh, *fut.aff.a.* of dìoghail. D. coireach no neo-choireach ris, *the guilty or innocent will suffer.*
dìoghlagan,** *s.m.* Weanel, weanling.
dìoghlais,** *s.f.* Abuse, defamation.
dìoghluim, *pr. pt.* a' dìoghlum & a' dìoghlumadh, *v.a.* Glean, cull, gather minutely. 2** Lease. 3**Weed.
dìoghlum, -uim, *s. m.* Gleanings, the thing gleaned or gathered.
———————aich, see dìoghluim,
———————air,** -ean, *s.m.* Gleaner. 2 Weeder.
dìoghlus,** -uis, *s.m.* Darkness.
dìoghnadh,** -aidh, *s.m.* Contempt.
†dìoghnas, *a.* Rare.
dìoghradh,** -aidh, *s.m.* Moroseness. 2 Rudeness. †3 Hatred.
———————a, see dìoghradhach.
———————ach, *a.* Morose, rude, unlovely.
†dìoghrais, *adv.* Constantly, frequently.
†fairbre, *s.f.* Notch, impression. 2 Fault. 3 Stain.

fairc,‡ *s.f.* Links, land sometimes covered by the sea. 2 Hole—*Bute.* 3 Rammer. 4** Hammer.

fairc, see failc.

fairce, -an, *s.m.* see fairche. †2 Extent.

fairceadh, -idh, see failceadh.

fairceall, -ill, -an, *s.m.* Reward. 2**see faircill.

———ach, see faircilleach.

fairche, -an, *s.m.* Hammer, beetle, mallet. 2 Diocese. 3 Parish. 4**Choice. 5(AF)Death-watch beetle. F.-chlach, *a rammer.*

faircheach,†† *a.* Abounding in mallets. 2 Pertaining to a mallet.

faircheadh, -idh, *s.m.* Beating with a mallet.

fairchean, *s.m.* see fairche.

fairchil, see farch-chuil.

faircill, -ean & fairclean, *s.m.* Lid of a cask or pot.

faircilleach,** *a.* Having a lid.

faircle,** *s.f.* The uppermost. 2 Extremity. 3 Choice.

faircte, see failcte.

fàirdeach, -iche, a. see farraideach.

fairdeadh, see farraideadh.

fàirdean, -ein, -deinean, *s.m.* see feòirling.

——— ach, *a.* Abounding in farthings.

fairdhris, see fearra-dhris.

fairdinn, see feoirling.

faire, *v.n.* Properly fairich *or* dean faire.

faire, *s. f.* Watching, watchfulness. 2 Watch (division of time.) 3 Watch, sentinel, guard. 4* Attention, circumspection. 5**Watch-hill. 6 see fàir. 7(PM) Wake—*Uist.* Cuir f. air, *set a watch* or *guard on it;* cnoc-f., *a watch-knoll;* taigh na f., *the wake-house;* f. chliadh, *a churchyard watch;* dè a th' air t' fhaire? *what do you mean?* thoir an fh., *take care, be circumspect, be upon the watch;* cum fair' air sin, *attend to that;* 's e sin a bh' air m' aire, *that is what I had in view;* a' deanamh f. na h-oidhche, *watching by night.*

fàire, *s.m.ind.* see fair.

faire ! faire ! *int.* Aye ! aye ! so ! so ! heyday ! what ! pronounced in a tone of anger and surprise. 2(DU) *as applause,* Well done ! hear, hear !

faireach, -iche, *a.* see faireil.

———, see faireachadh.

faireachadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Waking, awakening, 2 Watching. 3 Sitting up. 4 Feeling. 5 Warning, alarm. Am bheil thu 'nad fh., *are you awake?* eadar cadal agus f., *between sleeping and waking.* A' f—, *pr. pt.* of fairich.

faireachail, -ala, *a.* Given to watching. 2 Feeling. 3 That has feeling. 4**Watchful, observant, attentive. Gu f., *watchfully.*

†faireachas, -ais, *s.m.* Watching.

faireachdainn, -e, -ean, *s.f.* Feeling, perception. 2 Act of feeling. A' f—, *pr. pt.* of fairich.

faireadh,** *s.m.* Watching. 2 Watchfulness, attention. 3 Sentinel. 4 see fàire. Ri f., *keeping watch;* fear-fairidh, *watchman, sentinel.* A' f—, *pr. pt.* of fair.

faire-claidh,** *s.f.* Spectre's watch over a grave.

fàire-druim, -droma -ean, *s.m.* Saddle-back.

fàireag, -eig, -an, *s.f.* Gland, hard lump between flesh and skin. 2 Wax-kernel. 3**Hump. 4 ** Hillock. 5 (DMy) What the plough or spade would leave unturned of the furrow when it had too broad a piece to turn. 6(DU) Sod. F. am bun na teanga, *almonds of the throat or tongue;* fàireagan, *swollen glands.*

faireag,¶ *s.f.* Kittiwake, see seagair. 2 Lapwing, see adharcan-luachrach.

fàireagach, *a.* Glandular. 2**Kernelly.

fàireagaich,** *v.a.* Kernel.

faireagan ! *int.* Bravo ! F. a Mhóraig; *bravo Morag !*

fàireamh, -eimh, -an, *s.m.* see fàire.

faireil, -eala, *a.* Watchful, circumspect. 2 Wakeful.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

fairge, *pl.* -achan & -annan, *s.f.* Sea, the sea. 2 **Ocean. 3 *Wave. 4‡‡ Swelling of the sea, storminess. 5 (CR) Angry sea—*W. of Ross.* Tha 'n fh. mór, *the sea is rough*; tha f. air a' chladach, *there is a sea on the beach*; 'san fh., *in the sea*; thar f., *across the sea*; annradh f., *a storm at sea*; an fh. mhór, *the great ocean.* [* gives *pl.* fairgeachan.]
fairgeach, -aiche, *a.* Marine. 2 Pelagic, inhabiting the deep sea.
———an, *n.pl.* of fairge.
fairgean,* *s.m.* Mallet.
fairgear, -an, *s.m.* Sailor, seaman.
———ach, *a.* Of, or pertaining to, seamen.
———achd,†† *s.f.* Seamanship.
fairgear, *s.m.* see fairgear.
fairgneadh, -idh, *s.m.* Hacking. 2‡‡Sacking.
†**fairgneamh**, -imh, *s.m.* Building.
fairic, see failc.
fairich, *pr. pt.* a' faireachadh & faireachduinn, [faireachdain in *Suth'd.*] *v.n.* Feel. 2 Perceive, observe. 3 Watch. 4**Awake, arouse, bestir. 5**Smell. 'Dè a dh' fhairich thu? *what did you feel? what do you mean? what ails you?* f. as do shuain, *awake from your profound steep*; teich no f. m' fhearg, *flee or feel my wrath*; dh' fh. e bolaidh, *he smelled a smell*; dh' fh. mo chridhe, *my heart felt.*
fairich,* *s.f.* see fairche.
———ear, *fut.pass.* of fairich.
———idh, *fut. aff. a.* of fairich.
———te, *past pt.* of fairich.
fairig,* *v.a.* see failc.
--———,(AC) *s.f.* Dead bird, dead fish, any dead creature found on the sea or shore.
--———ean, *int.* see faireagan.
fairir,(AC) *s.f.* Border, coast. see oirthir.
fairis, see thairis.
fairisgneadh, *s.m.* Peeling.
fairleag,** -eig, *s.f.* see adharcan-luachrach. 2 Swallow.
———ach,** *a.* Abounding in lapwings or swallows. 2 Like a lapwing or swallow.
fàirleas, -eois, an, *s.m.* Object seen on an eminence in contact with the sky.
fairleus, *s. m.* Smoke-hole in the ridge of a house, for egress of smoke and ingress of light.
fairmeil, *a.* Noisy, merry—*Dàin I. Ghobha.*
fairneachd,** *s.f.* Meeting.
fàirneag, -eige, -an, *s.f.* see àirne.
†**fairnic**,** *v.a.* Get, obtain. 2 Invest. 3 Devise, contrive.
†**fairrigeoir**, -e, -ean, see fairgear.
fairsbeag,** -eig, -an, *s.f.* Large gull.
-———ach,** *a.* Abounding in large gulls.
†**fairsgin**, *a.* Viewing, espying.
fairsing,‡ *a.* see farsuing.
fairsing, *v.a.* see farsuingich.
———each,†† -eiche, *a.* see farsuingeach.
———eachadh, -aidh, *s.m.* see faisuingeachadh.
———eachd, *s.f.ind.* see farsuingeachd.
———ead, see farsuingeachd.
———ich, *pr.pt.* a' fairsingeachadh, *v. a.* see farsuingich.
fairsinn, see farsuing.
fairsleachadh, see fairtleachadh.
fairsleag, *s.f.* Large gull.
fairslich, *v.a.* see fairtlich.
fairsneachd, see farsuingeachd.
fairsnich, *pr.pt.* a' fairsneachadh, *v.a.* see farsuingich.
†**fairspeag**, -eig, -an, see farspach.
†**fairtne**, *s f.* Feast.
fairtleachadh, -aidh, *s. m.* Overcoming, overpowering, act of overcoming. 2 Conquering, conquest. A' f—, *pr. pt.* of fairtlich.
fairtleachair,** *s.m.* Baffler.
fairtlich, *pr.pt.* a' fairtleachadh, *v.a.* Overcome, overmatch. 2* Defy. 3 Worst, baffle. Dh'fh. e orm, *he or it defied me*, or *worsted me.* [takes the prep. *air* after it, simple or compounded. Spelt failich in *Uist.*]
†**fais-bheò**, *s.pl.* Vegetative tribes.
fais-cre,** *s.f.* Compulsion, violence, force.
†**faisdine**, -an, see faisneachd.
fàiseach,(CR) *a.* Easy—*W. of Ross.* Cha'n 'eil sin f., *that is not easy* (*to do or bear.*) In *Gairloch* "cha b' e sin a faiseach," is the form used, making f. a substantive.—DU.
faiseachail, -ala, *a.* Mitigant.
fàis, *a.* see fàs. Feadaireachd mu 'n bhuaile fh., is gàradh mu 'n chnàmhag, *whistling round the empty fold, and wall round the refuse corn.*
fàisg, *pr. pt.* a' fàsgadh, *v. a.* Squeeze, wring, compress, press, squeeze by twisting, as water out of cloth. 'Ga fhàsgadh eadar a làmhan, *compressing it between his hands*; fàisgidh iad oladh, *they shall squeeze* (*make*) *oil*; a dheasgann fàisgidh daoine daoi, *the wicked shall wring its dregs.*
fàisg,* *s.m.* Cheese-press, chesit. 2**Penfold. 3**Band. 4**Tie.
†**faisg**, -e, -ean, see faisgeadh.
faisg, *pr.pt.* a' fasgaidh, *v.n.* Pick off vermin.
faisg, -e, *a.* see fagus. Chunnaic iad i a' tighinn f. orra, *they saw her coming near them.*
faisge, *s. f.* Nearness, proximity. 'Fh. air a' bhaile, *his nearness to the town.*
faisge,** *s.f.* Cheese. 2 Pressure. 3 Violence. 4 Extortion.
faisge, *comp.* of fagus. Nearer, nearest. Is esan a's fhaisge, *he is nearest.*
fàisgeach,* see fàisgean.
faisgeachd, *s.f.ind.* Nearness, proximity.
faisgead, -eid, *s.m.* see faisgeachd.
fàisgeadair, -ean, *s.m.* Presser.
faisgeadh, -gidh, -gidhean *s.m.* see fasgadh & fàsgadh.
fàisgean, -an, *s.m.* Cheese-press. 2 Sponge.
———ach,** *a.* Spongy. 2 Fungous.
fàisgear,** *fut.pass.* of fàisg.
fàisgeil, *a.* Flat, compressed.
fàisgidh, *fut.aff.a.* of fàisg.
fàisgneach, -ich, -an, *s.f.* Cathartic.
faisgre,** *s.f.* Cheese. 2 see faisge.
fàisgte, *past pt.* of fàisg. Squeezed, wrung, compressed.
fàisinneachd, see fàisneachd.
fàisinniche, -an, see fàisniche.
fàisne,‖ -an, *s.f.* Wheal, pimple. 2 Measles.
fàisneach,** see fàisneachail.
fàisneachadh,** -aidh, *s.m.* Prophesying, divining. 2 Prophecy, divination. A' f—, *pr.pt.* of fàisnich. A' f. aislingean bréige, *prophesying false dreams.*
fàisneachail, -ala, *a.* Prophetic, divining, ominous.
fàisneachd, *s.f.ind.* Prophecy. 2 Soothsaying. 3 Omen. Droch fh., *a bad omen.*
fàisneag,** -eig, -an, *s.f.* Pimple.
———ach, *a.* Pimply.
fàisnear,** -ir, *s.m.* Prophet, soothsayer.
faisneas, see faisneis.
faisneigh, *v.* see fàisnich.
fàisneis,** *v.n.* Detect.
--———, *s.f.ind.* Speaking, whispering. 2 Small talk. 3 Friendly or secret hint. 4**Intelligence. 5 Rehearsal, relation. [* gives faisneas, *s.m.*]
--———,** *a.* Speakable, utterable.
fàisnich, *pr.pt.* a' fàisneachadh, *v.n.* Prophesy, foretell, divine, forebode. 2**Certify. 3**

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

Tell. 4**Prove. 5**Abide.
fàisniche, -an, *s. m.* Prophet, soothsayer. 2** Wizard.
fàisnichidh, *fut.aff.a.* of fàisnich.
fàisnis, see fàisneis.
†**faisteanair**, -ean, *s.m.* Soothsayer, prophet.
fàistinn, -e, -ean, *s.f.* Prophecy, omen. Luchd fàistinne, *wizards* ; droch fh., *a bad omen.*
————each, -iche, *a.* Prophetic. 2 Ominous.
————each, -ich, *s.m.* Wizard, prophet, diviner. 2 Augur.
————eachd, *s.f.ind.* Prophecy, divination. 2 Ominousness.
————ear,** s.m. Augur.
faitcheas, -is, see faiteas.
————ach, see faiteasach.
faitchios, see faiteas.
faite, -ichean, *s.f.* Smile. 2 Timidity, shyness. [In *W. of Ross* f.-gàire is *a smile*, f.- alone never being used there in the sense of *smile.*]
————ach, -iche, *a.* Fearful, timorous, shy, diffident. 2 Smiling. 3 Delicate, Gu f., *timidly.*
fàiteachas, -ais, see faiteas.
faiteal, -eil, -an, *s.m.* see aiteal. 2 Influence.
————ach, see aitealach.
————achd, see aitealachd.
faiteachan, *s.m.* Timid person. 2‡‡see aiteal.
faiteas, -eis, *s.m.* Fear. 2 Bashfulness, delicacy of sentiment, shyness. 3**Reluctance. Cha ruig thu leas f. sam bith a bhi ort, *you need not feel the least bashful.*
————ach,** *v.* Apprehensive, timid.
faitgheas, -eis, see faiteas.
†**faith**, *v.a.* Clothe.
†**faith**, *s.f.* Heat, warmth. 2 Apparel. 3 Field.
†**faith-bheadh**, see fiamh.
†**faithche**, see faiche.
faithche, *s.* Lawn—*W. of Ross-shire.*
†**faithe**, see faitheam.
†**faitheach**, *s.m.* see athach.
faitheam, -eim, -an, *s.m.* Hem or border of a garment. 2 Seam. 3 Circumspection. Cuir f. air do theanga, *be circumspect in what you say.*
————, *v.a.* Hem, as a garment. 2 Surround. A' faitheamadh 'aodaich, *hemming his garments.*
————achail, -ala, *a.* That which surrounds or hems in. 2 Hemmed, as a garment. 2 Hemming. 4 Surrounding.
————ar, *fut.pass.* of faitheam.
————te, *past pt.* Edged.
faithiltear,* *s.m.* Broker.
faithir, *s.* The shelving slope between an old raised beach or other plateau, and the present beach—*W. of Ross-shire.*
faithirleag, (AF) *s.f.* Green plover, see feadag.
faithleagh,§ see eidheann.
†**faith-lios**,** -an, *s.m.* Wardrobe.
fàithn, *Suth'd & Badenoch* for àithne.
faithne, -an, *s.m.* see foinne.
faithnich, *Skye* for aithnich.
faitichean, *pl.* faite, Smiles.
†**faitigheas**, *s.m.* Reluctance.
†**faitse**, *s.f.* The South, South point.
————ach, *a.* Southward, southern.
fàl, -àil, *s. m.* Pen-fold for strayed cattle or sheep. 2 Circle. 3 Wall, hedge, dike. 4 Divot, sod. 5 Scythe. 6 Spade. 7*Bow. 8 Peat-spade. 9*Bow.
†**fàl**, *s.m.* Noble. 2 King. 3 Plenty. 4 Malice. 5 Trifle. 6‡‡Guarding.
fàl, *v. a.* Scythe, mow. 2 Cut peats. 3 Enclose, hedge. 4**Cover with turfs.
fal,** *a.* Ominous.
fala, see fola. see faladh.
falach, -aich, *s.m.* Veil, covering, case, caul. 2 Hiding, secreting, concealment. 3*Place of concealment. 4**Garment. 5**Military colours. 6‡‡What remains in a milked cow's udder, afterings. 7 Emptying. A' f—, *pr. pt.* of falaich. Tha e am f., *he is concealed* ; f. fead, *bo-peep, hide and seek.*
————adh, -aidh, *s.m.* Hiding, concealing, covering. 2 Cover. 3 Concealment. 4‡‡Emptying. A' f—, *pr.pt.* of falaich.
————aidh,†† *a.* Hiding, secret.
————air,** *s. m.* One who conceals or hides.
————an, -ain, -an, *s.m.* Hidden treasure. 2 Concealment. 3 Place where treasure is hidden.
———— -cuain, *s.m.* Marooning. 2 Outdistancing. When one boat under sail outdistances another so as to lose sight of her, they say " rinn i falach-cuain oirre," (lit. *she made a hiding with her*)—an expressive way of describing a thorough beating.
————d, -an, *s.f.* see folachd.
fàlachd,(DMC) *s.f.* Rise and fall of a person riding on horseback. 2 Limping.
falachdach,** *a.* Feudal. 2 Grudging. 3 Apt to grudge. 4 Causing feud. 5 Prone to feud.
falach-fead, *s.m.* The game of hide and seek, " high-spy".
falach-fuinn,(AC) *s.m.* Land-hiding. Thàinig ceò draogh air na fearaibh, agus rinn iad f., *a magic mist came over the men, and they made land-hiding*—taking advantage of every natural feature in the landscape to hide themselves.
fàladair, -ean, *s.m.* Scythe. 2 Mower. 3 Orts. 4 Bare pasture. Iarunn f., *a scythe.*
————each, -riche, *a.* Of, or belonging to, scythes. 2‡‡Armed with scythes.
————eachd, *s.f.ind.* Operation of mowing or working with a scythe. Ris an fh., (*at the*) *mowing* (*of*) *grass.*
faladas, -ais, *s.m.* see foladas.
fàladh, -aidh, *s.m.* Enclosing or covering with turf. 2 see foladh.
fala-dhà, see feala-dhà.
falaich, *pr.pt.* a' falach & a' falachadh, *v.a.& n.* Hide, conceal, cover, veil. 2 Keep secret. 3 *Lewis* for fairtlich.
————te, *past part.* of falaich, Hidden.
fàlaid, *s.f.* Reaping-hook—*Dàin I. Ghobha.*
falaid, -e, -ean, *s. m* Varnish, gloss, polish. 2 **Veil. 3 see fallaid. 4(DU) Mockery, derision. A' falaid, *mocking.*
————ich, *v.a.* Varnish.
————iche, *s.m.* Varnisher.
falaigheach, -iche, *a.* Secret.
————d,** *s.f.* Secrecy. 2 Skulking.
falaimhe, *comp.* of falamh. More or most empty.
————ad, -id, *s.f.* Emptiness.
falain,** -e, -ean, *s.f.* Whale.
falair, -e, -ean, *s.f.* Interment, funeral entertainment.
falair, -e, -ean, *s.m.* Ambler, pacer (of a horse or mare.)
falaireach,†† *a.* Prancing.
————d, *s.f.ind.* Ambling, pacing, curvetting, stately motions of a war-horse, prancing. 2 Canter.
falairich, *v.a.* Amble.
falairidh,(PM) *s.f.* *Uist* for falair (funeral entertainment.)
falaisg, -e, -ean, *s. f.* Moor-burning, heath-burning. 2 Mountain conflagration. 3 Festive fire. A' leum o fh. an aonaich, *bounding from the heath-burning.*
————each, *a.* Of, or pertaining to, heath-burning.
————eadh, -idh, *s.m.* Heath-burning.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

falamair, see falmair.
falaman, see falman.
falamh, -aimhe, *a.* Empty, void. 2 Poor. 3 In want. 4 Unoccupied. 5 Wanting substance. 6 Vain. Taigh f., *an unoccupied house* ; soitheach f., *an empty dish* ; air àite f., *in a void space* ; is fhèarr fuine thana na bhith uile f., *a thin batch is better than to want bread altogether.*
———achd, *s.f.ind.* Emptiness, voidness, vacancy. 2**Void, gap. 3‡‡Penury, poverty.
———aich, *v.a.* Empty, make void. Dh' fh. i a soitheach, *she emptied her vessel.*
———aichte,** *past pt.* of falmhaich.
falanach, *a.* Pertaining to blood. Is orra pathadh f., *and the thirst of blood on them.*
falaoisge, see falaisg.
falar, -air, -an, see falair.
——achd, see falaireachd.
——aich, see falairich.
——as, -ais, *s. m.* Pacing, ambling. 2 Horsemanship.
falasg, see falaisg.
falatas,** *s.m.* Chastisement.
falbh, *pr.pt.* a' falbh, *v. a.* Go, begone, walk. 2 Depart. 3 Retire. 4 Perish. F. romhad ! *go about your business ;* caoidh an t-sionnaich air a' chaora mhairbh, nach d' rug i 'n t-uan mu'n d' fhalbh i, *why the fox laments the dead sheep, because she did not drop her lamb before she died.*
falbh ! *int.* Away with you !
falbh, *s.m.* Motion, going, departing, walking. 2 Act of departing or walking. 3**Withdrawing. 4**Gait, air. A' f—, *pr. pt.* of falbh. F. nam fear cròdha, *the departure of the brave;* cia mórdha a f. ! *how majestic her gait ! ;* fad' air f., *far away ;* tonnan a' briseadh 's a' f., *waves breaking and retiring.*
falbnach, -aiche, *a.* Moving, walking, travelling. Is éiginn do 'n fheumach a bhi f., *the needy must be moving.*
†———,** -aich, *s.m.* Body, carcase. 2 One troubled with hiccough.
falbhadair, -ean, *s.m.* Walker, ambulator. 2‡‡ Rudder.
falbhag, *Arran* for failbheag.
———, -aige, *s.f.* Sand-swallow, sea-swallow.
——— -mhara,(AF) *s. f.* Sea-swallow. 2 Storm-petrel, see luaireag.
falbhaich,(AC) *s. pl.* (*lit.* restless ones) Swallows.
falbhaiche, *s.m.* see falbhadair.
falbhaidh, *fut.aff.a.* of falbh.
falbhair, -ean, *s.m.* Young of cattle, follower, as calf, foal, &c. 2 Wanderer, mover, follower, creeper.
falbhaiteach, -eiche, *a.* Moving from place to place. Ma gheibh duine idir rud, 's e firionnach f., *if anybody can get anything, it's the man that keeps moving.*
fal-bhalach,(DMy) *s.m.* Lad undeveloped into a man.
falbhan, -ain, *s.m., dim.* of falbh. Moving about, easy walking, habit of walking, motion, agitation, locomotion, creeping, continual motion. F. a chiabh, *the agitation of his locks*; tha e air f., *he is able to get about, he walks about.*
———ach, -aiche, *a.* Ambulatory, in motion.
———ach, -aich, *s.m.* Wanderer, mendicant.
———achd, *s.f.ind.* Travelling. 2 Habit of travelling or wandering. 3 Motion, ambulatoriness, locomotion. 4**Struggling.
fàl-bheart, -bheirt, -an, *s.f.* see feall-bheart.
———ach,†† *a.* see feall-bheartach.
falc,* *v.* see failc.
falc,‡ -aichean, *s. Hebrides* for falcag. 2(AC) Razorbill. 3(AC) Guillemot.
†falc, -ailc, *s. f.* Flood. 2 Frost. 3 Barrenness from drought.
†——. *a.* Sterile, barren. 2 Parched, as ground through heat.
falcadh, -aidh, *s.m. & pr. pt.* see failceadh.
falcag, -aige, -an, *s.f.* Common auk.
falcair,§ *s.m.* Pimpernel or poor man's weather-glass—*angallis arvensis.*

301. Falcair.

falcaire, *s.m.* see failcire. 2**Scoffer. 3** Cheat. 4(AF) Horse. 5(AF) Mole.
falcaireachd,** *s.f.ind.* Scoffing. 2 Cheating.
falcair-fiadhain, *s.m.* see falcair.
falcair-fuar, see falcair.
falcanach, -aiche, *a.* Foamy. 2 Bristling—Gael. Soc. Inv. xv, 52.
falcanaich, *s.f.* Dashing, splashing.
falcas, -ais, *s.m.* Shade, shadow.
falchaidh, -e, *a.* Lurking, concealing, dissembling. 2 Secret, concealed.
falchaig, *s.f.* Work from which profit directly results, e.g. harvest, seaware gathering, digging potatoes, and the like. A special use of the word is *a raid* or foraging expedition, still used in falchaig chnò, *a nutting expedition.* 2(DMC) Small point of land projecting into the sea. Bha gach duin' a mach air falchaig, *every man was out a-gathering,—Duanaire, 151.*
fal-cheumnaich, *v.a.* March.
†falcus, -uis, -an, see faileas.
fal-dhà, see feala-dhà.
fàl-dhos, -ois, *s.m.* Thorn-hedge.
fal-dhuine,(DMy) *s.m.* Unmanly man.
fàl-dos, -ois, see fàl-dhos.
fa leath, see fa leth.
fa leith, see fa leth.
fa leth, *adv.* Individually, apart, one by one, separately.
fàl-fuinn, -àil-, *s.m.* Hoe.
fàl-gleuta, -àil-, *s.m.* see fàil-gleidhte.
†falladh, -aidh, *s.m.* Dominion, power, rule.
fallag,¶ *s.f.* Sand-martin, see gobhlan-gainmhiche.
fallaid, -e, -ean, *s.f.* (WC) Light shake or dip of anything. 2 Dry meal put on cakes when being fired. Fallaid is the refuse of meal left on the baking-board after a batch of bread has been baked. An interesting custom prevails in the Outer Hebrides, any remains of meal on the board being made into a cake in the palm of the hand, and set to fire among the other and larger cakes. The custom has its origin in a superstitious belief, that doing thus with the remains keeps the store of meal from wasting. No thrifty wife would think of dusting the baking-board into the meal girnel.—DC.
———each,†† *a.* Pertaining to dry meal put on cakes.
fallain, -e, *a.* Sound, healthy. 2 Wholesome. 3**Salubrious. Duine f., *a healthy man* ;

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

biadh f., *wholesome food* ; àileadh f., *salubrious air*; cridhe f., *a sound heart ;* teanga f., *a wholesome tongue* ; gu slàn f., *sound and healthy.*

fallaine, *comp.* of fallain. More or most healthy or wholesome. Is esan a's f., *he is the most healthy.*

———, *s.f.ind.* see fallaineachd.

fallaineachd, *s.f.ind.* Healthiness, soundness, wholesomeness. 2 Salubriousness. F. 'nam fheòil, *soundness in my flesh;* f. inntinn, *soundness of mind.*

fallaineas, -ais, *s.m.* see fallaineachd.

fallainn, see falluing.

†fallamhnachd, *s.f.* Rule, dominion.

†fallamhnas, -ais, *s.m.* Kingdom, dominion.

fallan,* *a.* (fo+slan‡) The correct form according to its etymology of the adjective generally spelt fallain.

fal-loisg, -e, -ean, see falaisg.

———each, -iche, *a.* Combustible.

fal-losgadh, -aidh, *s.m.* Setting on fire, burning, combustion. 2 Heath-burning. 3**Fire of joy or triumph.

fallsa, *a.* False, deceitful, treacherous, sham, Am measg bhràithrean f., *among false brethren.*

———chd, *s.f.ind.* Deceitfulness, fallaciousness, falsity. 2**Treacherousness, falsehood, treachery. 3** False philosophy. 4‡‡Sloth, sluggishness.

fallsail, *a.* see fallsa. Gu f., *falsely.*

fallsaire, -an, *s.m.* Sophist, false philosopher. 2 **falsifier. 3**Liar, deceiver, traitor.

———achd,* *s.f.ind.* see fallsachd 3.

fallsan, -ain, -an & -ain, *s.m.* Sluggard.

fallsanach,* -aich, see fallsair.

fallsanachd, see fallsachd.

falluing, -e, -ean, *s.f.* Mantle, garment, robe. 2 **Hood. 3§ Alpine lady's mantle (plant) see trusgan. Sliabh na falluinge duirche, *the dark mantled hill ;* f. an fhir, *the man's mantle.*

———each, -iche, *a.* Mantled, cloaked. 2 Furnished with mantles, cloaks or garments. 3*Like a mantle or garment.

falluing Muire,§ *s.f.* Common lady's mantle, see copan an driùchd.

falluinn, see falluing.

———each, see falluingeach.

fallus, -uis, *s.m.* Sweat, perspiration. Tha mi 'nam làn fh., *I am covered with perspiration ;* f. do ghnùis, *the sweat of thy brow ;* tha mi 'm fhliuch fh., *I am perspiring all over ;* cuir f. dhiot, *perspire.*

fallusach, -aiche, *a.* Sudorific, sweaty, perspirable, perspiring.

fallusaich,** *v.n.* Perspire, sweat. 2 Cause to perspire.

fallusail,* *a.* see fallusach.

falm,* *s.m.* see alm.

falm,* *s.f.* Elm-tree, see leamhan. 2 see failm. Mucagan failm, *elm-berries.*

falmach, see almach.

falmadair, -ean, *s.m.* Rudder, helm. 2 Tiller. 2 see fulmair. Cha robh f. gun sgoltadh, *there was not a rudder unsplit.*

falmadaireach,†† *a.* Having helms or rudders.

falmair, -ean, *s.m.* Hake—*merluccius vulgaris.*

falman, -ain, -an, *s. m,* The knee-pan. 2** Whirlbone of the knee. 3**Lid.

falmanta,** *a.* Aluminious.

falmhachadh, -aidh, *s.m.* Emptying, pouring out, act of emptying. A' f—, *pr.pt.* of falmhaich.

fàl-mhagadh, -aidh, -aidhean, *s. m.* Mockery, sneering.

falmhaich, see falamhaich & falbhaich.

falmhaichte, see falamhaichte.

falmhuich, see falamhaich.

falmhuichte, see falamhaichte.

fàl-mòine, *s.m.* Peat-spade.

fàl-mònadh, see fàl-mòine.

fàl-ni,** *s.m.* Trifle, trifling matter. Air f. na caith do chuid, *do not waste thy substance on trifles.*

faloisg, see falaisg.

faloisge, see falaisg.

faloisgeach,** *a.* Combustible.

falosgadh, -aidh, *s.m.* Combustion.

fal-rireadh,** *s.m.* Earnest, anything but jest.

falsachd, see fallsachd.

falt, fuilt, fuiltean, *s.f.* Human hair. 2 Locks, ringlets. 3 Tail. 'Fh. òr-bhuidhe, *his golden locks* ; cuach fh., *curled hair.* [The hair of any part of the human body other than the head is *gaoiseid, fionnadh* or *ròinnean.*]

faltach, -aiche, *a.* Hairy.

faltag, -aige, -an, *s.f.* Tendon. *prov.*

faltan, -ain, -an, *s. m.* Tendon. 2 Welt, belt. 3 Ribbon. 4*Snood, hair-belt.

faltanach,†† *a.* Welted. 2 Having ribbons.

faltanach, -aich, *s.f.* Mountain bulrush, *prov.*

faltanas,** -ais, *s. m.* Occasion, pretence. 2 Quarrel. 3 Enmity.

faltan-fionn, *s.m.* Tendon.

falt-dhealg, -dheilge, *s.f.* Hairpin.

falthunn, *s.m.* Talk.

faltraich, see fartlaich.

faluing, see falluing.

faluisg, see falasg.

fa m' (*for* fo mo) Under my. 2 Upon my.

fa m' chomhair, *adv.* Opposite to me. Fineamhain fa m' chomhair, *a vineyard opposite me.*

fàman,(WC) *s.m.* Gentle breeze, e.g. F. gaoithe.

famh, -aimh *s. f.* Mole. 2 (AC) Man addicted to burrowing underground.

famhair, -ean, *s.m.* Giant. 2 Champion. 3 Mole-catcher. 4 (DC) Bogle.—*Uist.* [*Fuamh* is a giant in *Uist.*] Ban-fhamhair, *a giantess.*

famhaireach,** *a.* Gigantic.

famhaireachd,* *s.f.* Giganticness. 2 Prowess of a giant.

famhalan, (AF) *s. m.* Water-vole. 2 Earth-mole.

famh-bhual, (AC) *s.f.* Water-vole. 2 Mole. 3 Shrewmouse.

famh-fhual, see famh-bhual.

famhlag,(AF) *s.f.* see falbhag.

famhlagan, (AF) *s.pl.* for falbhagan.

famhlag-mhara, (AF) see falbhag-mhara and luaireag.

famh-thalmhainn, *s.f.* Ground-mole.

famh-thòrr, -a, -an, *s.m.* Mole-hill.

famh-ùir,(AC) *s.f.* Earth-mole.

fan, *pr.pt.* a' fantuinn [a' fanachd & a' fanailt,] *v.n.* Stay, wait. 2*Stop. 3 Continue. 4 Remain. 5 Endure. 6 Recognize. F. an seo, *wait here ;* f. ort, *stop, wait a little ;* f. ris or air, *wait for him ;* dh' fh. sinn, *we stayed ;* fanaidh bhur mnathan, *your wives shall stay ,* fanaibh-se an seo, *tarry ye here;* f. agad fhèin, *keep by yourself, keep your distance.*

fàn, fàine, *a* Low. An rùm a's fhàine fo 'n ùir, *the lowest room underground—the grave—Rob Donn.*

fa 'n, Under the. 2 Upon the.

†fàn,** *s.m.* Declivity, steep inclination. 2 Level plain, gentle slope.

†fan,** -ain, *s.m.* Temple, chapel.

†fan, *s.m.* Wandering, peregrination.

fan, *a.* Prone,—*Suth'd.* 2 Propense.

fàn,** *a.* Headlong. 2 Steep.

fanachd, *s.f.ind. & pr.pt.* see fantainn.

fanadh, see fan.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

fànaich, *s.* Place of the flat.
†fanaictheach, -eiche, *a.* Mad, frantic. 2 Fanatic.
fanaid, *v.a.* see fanaidich.
fanaid, -e, *s.f.* Mockery, ridicule, derision, scoffing, scorn. Ri f., *mocking* ; dean f., *mock.*
fanaideach, -iche, *a.* Deriding, mocking, ridiculing, scoffing.
fanaidh, *fut.aff.a.* of fan.
fanaidich, *v.a.* Mock, deceive, deride, ridicule.
fanaidiche, -an, *s.m.* Mocker, scoffer. 2 Lampooner. 3 Mimic.
fanaigse, -an, *s.f.* Dog-violet.
fanailt, -e, see fantuinn.
fanaiseach, *a.* Mocking—*Arran.*
fanam, *1st. sing. imp.* of fan. Let me stay. 2 for fanaidh mi, *1st. sing. fut. aff. a.* of fan. I shall stay.
fànas, -ais, *s.m.* Void space. 2* Opportunity. 3 Sly kind of undue advantage. 4 (DMy) Rent in a wall.
fa 'n comhair, Opposite them, before them, in front of them.
fanear, see fainear.
fang, -ainge, -an, *s.f.* Sheep pen, fold or fank. 2 Poind-fold. 3**Place for catching cattle. 4 Confinement. 5 Strait, difficulty, hardship. 6 Irish coin. 7** Gold-leaf, silver-leaf. 8†† Prison. Ann an fh., *in custody.* [†† gives *s.m.*]
fang, *v.* see fangaich.
fang, -ainge, -an, *s.f.* Vulture. 2**Raven.
——ach,** *a.* Like a vulture. 2 Rapacious, ravenous. 3 Full of folds or pens. 4 Like a fold or pen. 5 Of, or belonging to, vultures, folds or pens.
fangachadh, -aidh, *s. m.* Penning of cattle or sheep. 2 Driving into a fold. A' f—, *pr. pt.* of fangaich.
fangadh, -aidh, see fangachadh.
fangaich, *pr. pt.* a' fangachadh, *v.a.* Enclose, pen, fold.
——ear, *fut. pass.* of fangaich, Shall be pent.
——te, *past pt.* of fangaich. Pent, enclosed, as sheep, folded.
fanlag *s.f.* Sea-swallow, see luaireag.
fanlanta,** *a.* Slender, small.
fàn-leac, -lic, *s. f.* Altar of rude stones. 2 Stone in an inclined position.
fann, -a & fainne, *a.* Faint, languid, weak, feeble. 2 Infirm. 3**Helpless. Duine f., *a feeble person* ; is f. do ghuth, *languid is thy voice* ; cridhe f. is com gun treòir, *a faint heart and pithless frame.*
fann,* *v.a.* Fish while boat is being rowed slowly—*Islay.* 2 while stationary—*Skye.* A' fannadh, fishing with the artificial fly, or playing a fish on the line, while the boat proceeds slowly ; when under great weigh is sìobladh. [In *Lismore* sìobladh=fishing with a fly when the boat is under sail.—DC]
fannachadh, -aidh, *s.m.* Faint, act of fainting. 2 Circumstance of becoming weary, languid or faint. 3**Giving up through fatigue. Tha e air f., *he is worn out with fatigue* ; tha e a' f., *he is getting more feeble*, or *making more feeble.* A' f—, *pr. pt.* of fannaich.
fannachail,** *a.* Laborious.
fannachdas, -ais, *s.m.* Imbecility.
fannad,** -aid, *s.m.* Weakness, langour.
fannadh, -aidh, *s.m.* Faintness, weakness, langour. 2 Fishing with a feathered hook. 3 Mode of rowing by which a boat is kept almost stationary when fishing. [fainneamh in *Gairloch*—DU. In *Lewis*—a' f. an t-sruth, *rowing strongly enough to keep the boat over the same ground* ; a' f. nan lìon, *rowing the boat as fast as the lines are hauled.*] 4**Slackening, relaxing of exertion. 5**Remission. 6 **Intermission. 7 Fainting. A' —, *pr.pt.* of fann. Cha robh f. air a' chòmhraig, *the battle continued without intermission.*
fannaich, *pr.pt.* a' fannachadh, *v.a. & n.* Faint, become weak. 2 Make weak or faint. 3** Give up with fatigue. 4** Grow weary. Fannaichidh spiorad na h-Eiphit, *the spirit of* (*the people of*) *Egypt shall fail.*
——te, *past pt.* of fannaich.
fannan, -ain, -an, *s.m.* Gentle breeze. F. de ghaoith 'n ear leannan an t-sealgair, *a breeze from the East is the sportsman's favourite* [*lit. sweetheart*—not *feast* as given by **.]
——ta, *a.* Faintish, weakish, infirm.
fann-ghaoth, -ghaoithe, *s.f.* Soft breeze.
fann-gheal, -ghile, *a.* Pale, whitish.
fann-ghlaodh,‡‡ -aoidh, -aoidhean, *s.m.* Faint cry.
fann-ghuth, -an, *s.m.* Faint voice, weak note. Fhreagair e le f., *he replied with a faint voice.*
fannlag,** *a.* Weak, languid. 2 Fatigued.
fannlanta, -ainte, *a.* Slender, weak.
fannlas, -ais, *s.m.* Fatigue, wearying. 2 Worrying. 3 Destroying. F. chorp, *carnage in battle.*
fann-leisgeul, -eil, -an, *s.m.* Pretext.
fann-shealladh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Glimmering.
fann-sholus, -uis, -an, *s.m.* Glimpse. 2††Weak or dim light.
fanntais, -e, *s.f.* Weakness, faintness. 2 Languishing.
fanntalach, -aiche, *s. f.* Faintish, inclined to faint.
fanntas, see fanntais.
——ach,** *a.* Weak. 2 Causing weakness.
†fannuigh, *v.a.* see fannaich.
fanoid, -e, *s.f.* see fanaid.
——, *v.a.* see fanaidich.
——each, -iche, *a.* see fanaideach.
——ich, *v.a.* see fanaidich.
——iche, see fanaidiche.
fantalach, -aiche, *a.* Waiting, resting, 2 Inclined to wait or rest. 3 Permanent, stable, lasting, durable. 4 Steady. 5 Persevering. 6* Dilatory.
——d,** *s.f.* Permanence, stability, durableness.
fantuinn, *s.f.ind.* Staying, delaying. 2 Remaining, abiding, continuing, lasting, waiting, tarrying. A' f—, *pr.pt.* of fan.
†fànus, -uis, *s.m.* Descent, declivity.
fànus, -uis, *s.m.* The sky-line—*Islay.* Am fosgladh os ceann nam f., *the space above the sky-line.*
faob, faoib,-an, *s.m.* Excrescence, lump. 2 Knot on a tree-branch. 3 Acorn. 4 Large one. 5**Any round lumpy substance, as a potato.
——ach, -aiche, *a.* Tuberous. 2 Knotty. 3 Lumpy.
——aire, -an, *s.m.* see faobairneach.
——airneach, -ich, *s.m.* Lump, as a large-sized turnip or potato. 2 Large-boned person. 3†† Anything large or lumpy.
——an, -ain, -an, *s.m., dim.* of faob. Little knob or excrescence.
faobanach, -aiche, *a.* Tuberculous.
faob-cheann, -chinn, *s.m.* Jolt-head, lump-head.
——ach, -aiche, *a.* Jolt-headed.
faobh, -oibh, *s.m.* Spoil, booty. 2**Conquest. 3**Dead men's clothes. 4**Carcase. 5 (CR) Windfall, any unlooked-for good fortune.—*W. of Ross.* Triath nam f., *the chieftain of spoils* or *victories;* faoibh nan nàmhaid, *the carcases*

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

of the enemies.
faobh,** *v.n.* Shout, cry aloud, proclaim.
faobhach, -aiche, *a.* Abounding in spoil. 2 Victorious. 3** Brave. 4 Plundering, spoiling.
faobhachadh, -aidh, *s.m.* Spoiling, plundering. 2 Robbery, plunder. 3‡‡Stripping the slain. A' f—, *pr.pt.* of faobhaich.
faobhadh,(AC) *s.m.* Swirl.
faobhag, -aige, -an, *s.f.* Common cuttle-fish.
faobhaich, *pr.pt.* a' faobhachadh, *v.a.* Despoil. 2 Strip, disrobe. 3 Plunder. 4 Strip by force. 5**Lay waste. Dh' fh. iad e, *they stripped him.*
——————te, *past pt.* of faobhaich. Despoiled. 3 Disrobed, stripped.
faobhair, see famhair.
faobhairt, -e, -ean, *s.f.* see fadhairt.
——————e, *past pt.* see fadhairte.
——————eachd,** *a.* see fadhairteach.
faobhar, -air, -an, *s.m.* Edge. 2 Edge, as of a sword or cutting instrument. 3 **Ridge of a hill. 4**Edge or brink of a precipice. 5**Surface. 6 see famhair. Air fh., *edgewise;* le f. a' chlaidheimh, *with the edge of the sword;* air f. bheann, *on a ridge of mountains;* f. a' chuain, *the surface of the sea;* air bheag f., *blunt;* f. nan neul, *the edge of the clouds.*
——————ach, -aiche, *a.* Edged, sharp. 2 Keen, earnest. 3 **Satirical, pointed. 4** Active, nimble.
——————achadh, -aidh, *s.m.* Sharpening, act of sharpening. A' f—, *pr.pt.* of faobharaich.
——————aich, *pr. pt.* a' faobharachadh, *v. a.* Sharpen, whet, set, as a razor, hone. F. an sgian, *sharpen* or *whet the knife.*
——————aichte, *past pt.* of faobharaich. Whetted, sharpened.
faobh-bhleoghainn, *s.f.* Stealing the milk out of the udder of a cow or goat.
faobhluinn,(DC) *a.* Mock, pretended. Saor f., *a would-be joiner;* dotair f., *a mock doctor—Uist.*
——————,(PM) *s.m.* Novice, man devoid of qualifications for his work. Cha'n 'eil ann ach am f., *he is only a novice.* Generally used as a noun.
faobhraich, see faobharaich.
faoch, -aoiche, *s.f.* see faochag. 2**Field. 3 (AC) Curve.
——————ach,** *a.* Abounding in shellfish.
——————adh, -aidh, *s.m. Uist* for faothachadh.
——————ag, -aig, -an, *s. f., dim.* of faoch. Periwinkle (fish.) 2 Whelk. 3 Any small shellfish. 4 Eye. 5 Whirlpool. 6 Eddy or curl on the surface of a running stream. 7(DU) Arrangement of the hair on the top of the head, so called from being in the shape of a spiral. 8* Weaver's thrum. 2 Periwinkle (plant)—*vinca minor.* [Badge of the MacLachlans.] Tràigh nam f., *the shore of the shellfish;* oitir fhaochag, *a whelk reach;* "na faochagan," nickname for the natives of the Mackinnons' country—Strath in Skye; f. an t-sruith, *the vortex of the stream;* f. mhullach a' chinn, *the top of the head;* f. na sùla, *the round of the eye;* a' dol air fh., *facing danger;* f. thuaichill, *an eddy, a small whirlpool.*

302. Faochag.

faochagach, -aiche, *a.* Abounding in periwinkles, like a periwinkle. 2 Full of eddies. 3 Of, or belonging to, any small shellfish.
faochag-bhàn, *s.f.* Pale whelk.
——————-chuairtein, *s.f.* Whirlpool.
——————-dhubh, *s.f.* Black whelk.
——————-mhòr, *s.f.* Whelk.
——————-nan-gille-fuinnbrinn, see faochag.
——————-smeòraich, *s.f.* The smallest kind of whelk, usually found above high-water mark.
faochainn,* *v.a.* Entreat most earnestly, urge. 2 ††Struggle, strive.
faochaire,(AC) *s.m.* see faoch. 2 Knave, betrayer, perjurer.
faochan, see faochag.
——————aich, *v.n.* Ripple.
faoch-mór,(AF) *s.m.* Loon, roaring buckie.
faochnach,* *a.* Earnest, urgent in requesting. Ni f., *an urgent affair.*
faochnadh,* -aidh, *s.m* Most earnest request or petition. 2 Urging. 3 Persistent effort. A' f—, *pr.pt.* of faochainn. A' f. orm dol leis, *vehemently urging me to go with him.*
faochnaich,* *v.a.* Urge, entreat perseveringly, be not refused.
faod, *v.aux.* May, can. 2**Must. Faodaidh mi an t-each a reic, *I may sell the horse;* dh' fhaodainn an t-each a reic, *I might have sold the horse;* am f. mi bhi ? *may I be ?;* cha'n fh. mi bhi, *I may not be;* am f. mi falbh ? faodaidh, *may I go ? yes (you may.)*
——aidh, *fut.aff.a.* of faod.
——ail, -ala, -alach, *s.f.* Goods found by chance. 2 Thing found. 3 Stray treasure. 4 Waif. Spealtaidh e an fh. le 'ghial, *he will tear she treasure-trove with his jaw—i.e.* in his eagerness to get it; cha'n e sealbh na faodalach a faotainn, *the advantage of the treasure-trove does not consist in the getting of it—to find goods is not to own them.*
faodailiche, -an, *s.m.* see faodalach.
faodalach, -aich, *s.m.* Foundling. 2 Anything found.
†faodh, -oidh, *s.m.* Voice.
——————, *gen. sing.* of faodail.
faodhail, -alach, -alaichean *s.f.* see fadhail.
†faogh, -oigh, *s.m.* Punishment.
faoghailt, -e -ean, see faghaid.
faoghaid, -e, -ean, *s.f.* see faghaid.
faoghaid, -e, *s.f. prov.* for foidhidinn.
faogohaideach, -iche, *a. & s.* see faigheadach.
faoghaidiche, see faghaideach.
faoghail, -alaichean, *s.f.* see fadhail.
——————t, -e, -ean, see faghaid.
faoghal, *s.m. Uist* for fadhail.
faoghar, -air, *s.m.* see foghair.
faoghluimte, see foghluimte.
faoghlumaich, *v.a.* see foghlumaich.
†faoi, *prep.* see fuidh.
†faoi, *s.* Noisy stream.
faoibh, *gen. sing. & n pl.* of faobh.
faoich, *gen. sing.* of faoch.
†faoidh, -e, -ean, *s.f.* Noise, sound. 2 Voice.
faoidh,** *s.m.* Messenger, express. 2 Courser. 3 Departure. 4 see faoighe.
†faoidh, *v.n.* Go. 2 Send. 3 Sleep, rest.
faoidhe, see faidhe.
†faoidheamh, -imh, *s.m.* Messenger.
faoidhreag, *s.f.* see oighreag.
faoighe, *s.f.ind.* Asking for aid in shape of corn, wool, and sometimes cattle, a custom once very common. 2 Gift. 3 Generosity. Cha'n

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

fh. e, *it is not a thigging ;* f. eòrna, *barley thigging ;* f. chruidh, *cattle thigging ;* f. do Mhac-Griogair, is leig leis fhéin a togail, *give a gift to a MacGregor, and let him help himself to it,—i. e.* he will not be bashful in doing so ; f. fir gun chaoraich, *the generosity of a man who has nothing to give ;* air f. nam bannag, *going about begging for bannocks* ; cha'n e rogha nam muc a gheibh fear na faoighe, *it is not the pick of the swine that the beggar gets.* [N.G.P. says "The practice of going 'air faoighe' was common in the Highlands, and was also known in the Lowlands of Scotland. In the 'good old times,' when dearth was as common as a bad season, it was not considered degrading for respectable people to go foraging among their friends for grain, wool, &c. This kind of begging was also practised by or for young couples about to marry or newly married, to help them in setting up house. The custom is now (1880), I think, obsolete. It was still partially practised in 1830."]

†faoighle, *s.pl.* Words, expression.

faoighleann, -leinn, -an, see faoileann.

faoighreadh, *s.m.* Gift gathering, genteel begging—*Dàin I. Ghobha.*

faoil, -e, *a.* see faoilidh.

——, -e, *s.f.* Hospitality. [* gives profuse hospitality.] 2 Generosity. 3**Mildness, kindness. 4 Welcome, affability. [** gives faoile as *n. sing.*]

——, -e, *s.f.* Gull, *poetical—Gairloch.*

——e, *a.* see faoilidh.

——each, -iche, *a.* Glad, joyful, cheerful. 2 Generous. 3 Thankful.

——each,** *s.f.* Holidays, feastdays, carnival. †2 Supplement.

Faoileach, *Gairloch* for Faoilteach.‖

faoileachd,** *s.f.* Gladness, joyfulness, thankfulness. 2 Generosity, kindness.

faoileag,(WC) *s.f.* White crest on the waves—*Poolewe.* Tha f. air a' mhuir, *there are white crests on the waves.*



303. Faoileag.

———,¶ -eige, -an, *s.f.* Black-headed gull—*larus ridibundus.* F. an droch chladaich, *the gull of the bad shore*—applied to poor creatures still preferring their wretched home.

———ach,†† *a.* Abounding in gulls.

——— -bheag,¶ *s.f.* Little gull, see crann-fhaoileag.

——— bheag,¶ see sgaireag.

——— -dubh-cheannach,¶ see faoileag.

——— -mhór,¶ *s,f.* Glaucous or great white gull *or* burgomaster—*larus glaucus.* (illust. 304.)

faoileann,¶ -inn, -an, *s.f.* Common white gull,—*larus canus.* (illust. 305.) 2* Mew. 3(AF) see fadhlainn.

———ach,** *a.* Like a sea-mew. 2 Abounding in sea-mews.



304. Faoileag mhór.

faoileag-mhór,¶ see farspach.



305. Faoileann.

faoilich, *v. a. & n.* Rejoice, be merry. 2 Entertain.

faoilidh, -e, *a.* Hospitable, generous. 2 Mild. 3 Glad, joyful, cheerful. 4* Profusely liberal. Coire f., *an inviting dell ;* gu f., *mildly.*

———eachd, *s.f.ind.* Hospitality. 2 Affability, 3**Gladness. 4**Thankfulness. 5**Generousness. 6**Mildness. 7**Kindness.

†faoiligh, *v.n.* Rejoice, be glad.

faoilinneach, see faoileannach.

†faoill, see foill.

Faoilleach, see Faoilteach. Faoilleach in *Lewis* begins on the Friday nearest three weeks before the end of January, and ends on the Tuesday nearest the end of the third week of February—Di-haoine a thig 's Di-màirt a dh' fhalbhas, *comes on Friday and goes on Tuesday*—three weeks of Winter, and three weeks of Spring—(DMy.)

faoilt, see faoilte.

faoilte, *s.f.* Delight. 2 Cheerfulness, 3 Joyful salutation at meeting. 4 Welcome, welcoming. 5**Invitation to a feast. 6**Hospitality.

Faoilteach, -tich, *s.m.* The last fortnight of winter and first fortnight of spring (Old Style), proverbial for variableness.—McL & D. Season of the wolf-ravage‡‡. It corresponded roughly to the present month of February. Sometimes the first half was called "Am F. Geamhraidh" and the second half "Am F. Earraich." Is còir 'san Fh. na trì claisean taobh-ri-taobh a bhi làn uisge is làn sneachda is làn tugha nan taighean, *or* trì làin anns na claisean; uisge, sneachd, is tugha nan taighean, *in February the three furrows side by side should be full of water, full of snow, and full of house-thatch ;* cha'n 'eil port a sheinneas an smeòrach 'san Fh. nach guil i seachd uairean mu 'n ruith an t-Earrach, *for every song the mavis sings in February, she'll lament seven times ere spring be over.* The Gael of old regarded stormy weather toward the end of January as prognostic of a fruitful season to follow, and vice versâ, as shown in the

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

above proverbs. Smeuran dubha 'san Fh., *black bramble-berries in February*—applied to anything very improbable or out of season. Na faoiltich, *the equinoxes;* see *am Feillire.*

faoilteach, -iche, *a.* Happy at meeting. 2 Hospitable, generous, inviting. 3 Welcoming. Fhir a's fhaoiltiche gun fheall ! *thou most generous without deceit !*

faoilteachd,** *s.f.* Practice of hospitality. 2 Welcoming. 3 Readiness to welcome. Le haighear 's le f., *with joy and welcoming.*

faoilteas,** -eis, *s.m.* Gladness. 2 Hearty welcome, kind reception.

Faoiltheach, see Faoilteach.

faoiltich, *v.a.* Receive kindly. 2 Rejoice at meeting. 3 Become cheerful.

faoin, -e, *a.* Vain, foolish. 2 Idle. 3 Unavailing. 4 Empty. 5 Light. 6** Lonely. 7 **Trifling. 8**Useless. 9**Sloping. Ni f., *a trifling affair;* is f. dhuit, *it is unavailing for you;* duine f., *a silly fellow;* tha thu f. 'nad bharail, *your opinion is unfounded;* beanntan f. a dhùthcha, *the lonely hills of his country.*

—— -bheachdail, -ala, *a.* Foppish.

—— -bheanntan, *s.m.* Sloping hill.

†faoinbhleaghain, *s.f.* Gentleness, mildness.

faoin-bhrèagh,** *a.* Tawdry, 2 Foppish.

faoin-bhrèaghas,** -ais, *s.m.* Tawdriness. 2 Foppishness.

faoin-bhreith, *s.f.* Abortion.

faoin-chainnt, *s.f.* Idle talk, vain boasting, babble, babblement.

————————each, -iche, *a.* Prone to foolish talking.

————————eachd, *s.f.* Same meanings as faoin-chainnt.

faoin-cheann, -chinn, *s.m.* Empty head.

————————ach, -aiche, *a.* Empty-headed.

faoin-chòmhradh,** -aidh, *s.m.* Vain talk, babbling, tattle. A' seachnadh faoin-chòmhraidh, *shunning vain talk.*

faoin-dreuchd,** -an, *s.f.* Sinecure.

faoine, *comp.* of faoin. More or most vain.

————, *s.f.ind.* Same meanings as faoineas.

————achadh, -aidh, *s.m.* Making vain. A' f—, *pr.pt.* of faoinich.

faoineachd, *v.a.* see faighnich.

————————, *s.f.ind.* Vanity, folly, silliness, lightness, emptiness, vacuity, bauble, silly manner. 2 Toying, trifling. Luchd f., *silly people;* clachan na f., *the stones of silliness.*

faoineadh, -nidh, -nidhean, *s. m.* Indulging, humouring of one, indulgence.

faoineag, -eige, -an, *s.f.* Vain silly woman. 2 Vanilla (plant.)

faoinealach, -aich, *s.m.* Silly man.

faoinealachd, *s.f.ind.* see faoineas.

faoineas, -eis, *s.f.* Vanity, bagatelle, idleness, uselessness, silliness, vacuity, trifling, toying. Ri f. riu, *trifling with them.*

faoinein, *s.m.* see faoinealach.

faoineis, *s.f.* see faoineas.

————eachd, see faoineachd.

faoin-ghalar,** -air, *s.m.* Feigned or imaginary sickness.

faoin-ghlòireach, -iche, *a.* Vain-glorious.

faoinich, *v.a.* Make vain. 2** see faighnich.

faoin-leisgeul, see fann-leisgeul.

faoinreadh, see faondradh.

faoin-sgeul, -sgeòil, *s. f.* Vain or idle talk. 2 Fiction.

————————ach, -aiche, *a.* Idly talkative.

————————achd, *s.f.ind.* Telling of idle tales. 2 Idle tale. 3‡‡Mythology.

————————aiche, -an, *s.m.* Mythologist.

faoin-sheanchaidh, see faoin-sgeulaiche.

faoin-smuain, ** s. *f.* Foolish thought, idle thought. 2 Delusion. 3 Brown study. 4 Chimera.

faoireag, see oighreag.

faoisdinn, -e, -ean, see faoisid.

faoiseadh,** -eidh, *s.m.* Helping. 2 Recovering. 3 Recovery from sickness. 4 Aid.

faoiseid, see faoisid.

faoisg, *pr.pt.* a' faoisgeadh, *v.a.* Unhusk, take the husk off, hull, as of nuts. 2*Chink, gape, leak, as a dish.

faoisgeag, -eige, -an, *s.f.* Filbert. 2 Unhusked nut. [** gives Ripe filbert.]

————————ach,** *a.* Abounding in filberts.

faoisgneach,** *a.* Ripe, as a nut. 2 Bursting, as a nut from the husk.

————————adh, -aidh, see faoisgneadh.

faoisgneadh, -neidh, *s.m.* Unhusking, unpodding. 2 Bursting from the husk, as a nut. 3 Emerging, as a heavenly body from behind a cloud. 4 Appearing on the horizon, as the sun. 5*Chinking, as a dish. A' f—, *pr. pt.* of faoisgnich. Tha a' chuinneag air f., *the water-pitcher chinks* or *leaks* ; a' ghrian a' f., *the sun appearing.*

faoisgnich, *pr.pt.* a' faoisgneachadh & a' faoisgneadh, *v.a.* Squeeze out. 2 Unhusk. 3* Chink, gape, leak, as a dish.

faoisid, -e, -ean, *s.f.* Confessing, confession. 2 Avowal, acknowledgement. Cha'n aideachadh no f. e, *it is neither acknowledgement nor avowal* ; dean t' fh., *confess to the priest.*

————each,** *a.* Confessional.

————ich, *v.a. & n.* Confess.

faoisneadh,*-idh, *s.m.* Bursting from the husk.

†faol, -oil, *s.m.* Patience, forbearance. 2**Prop, support. 3 Wolf. 4 (AF)Wild dog. 5**Whelp.

faol, -a, *a.* Wild.

——ach,** -aich, *s.m.* Bird of prey.

——adh,** *s.m.* Doctrine.

——ag, see faoileag.

——asg, see falaisg.

——bhaidh,(AF) *s.* Wolf. 2 Wild dog.

——chon, -choin, *s.m.* Falcon.

†faol-chu,*-choin, -chona, *s.m.* Wolf.

faol-fhulang,** -aing, *s.m.* Prop.

faol-iasg,(AF) *s.m.* Wolf-fish.

faol-shnamh,** *s.m.* Swimming.

faol-ulaith, *s.* Wolf, wild dog.

faolum, see fòghlum.

————aich, *v.a.* see fòghlumaich.

†faomach,** -aiche, see umhail.

faomadh, see aomadh.

†faomh, -aoimh, *s.m.* Consent, permission.

†faomh, *v.n.* Assent. 2 Consent. 3 Bear with, permit.

faomhar,(CR) [*ao* short & *mh* sounded] *s. m.* Harvest—*Arran.*

faon, see faoin.

faonach,** *a.* Mild, meek.

faonbhach, -aiche, *a.* Mild, meek. 2 Silent.

faondrach, -aiche, *a.* Wandering, unsettled. 2 Irregular. 3 Defective. 4 Erroneous. 5 Neglected. 6 Straggling, apt to go astray, erring.

faondradh, -aidh, *s.m.* Exposure. 2 Wandering, straying. 3 Desert, waste. 4**Straggling. 5*Neglect. 6*Unsettled state.

faontrach, -aiche, see faondrach.

faontradh, see faondradh.

faontradhach, -aiche, see faondrach.

faontraigh, -e, -ean, *s. f.* Exposed place, the open shore.

faor,(AC) *s.m.* Blade (of grass.)

faosad,* see faoisid.

faosadh,** -aidh, *s. m.* Protecting, relief. 2 Collecting.

faosaid, -e, -ean, see faoisid.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

faosaideach, see faoisideach.
-———ich, see faoisidich.
faosg,(AF) *s.f.* Snipe, see croman-lòin. [An fhaosg, is often written "an naosg."]
-——nach,** *a.* Auspicious.
-——nachd,** *s.f.* Auspiciousness.
-——nadh,** *s.m.* Auspice. 2 see faoisgneadh.
faotail, -talach, *s.m.* see faodail.
faotainn, *s.f.ind.* Getting, obtaining. 2 Finding. 3 Act of getting. 4* Accomplishment. 5**Receiving. 6**Winning. A' f—, *pr. pt.* of faigh. A' f. seo, *getting this.*
faotalaiche,** -an, *s.m.* Foundling.
faothach, -aich, *s. m.* Alleviation—*Dàin Iain Ghobha.*
faothachadh, -aidh, *s.m.* Relief from suffering, alleviation of suffering. 2 Relief, lightening. 3**Rest, leisure. A' f—, *pr.pt.* of faothaich. Fhuair e f., *he got relief;* gun fh. fad an là, *without alleviation the livelong day.*
faothachail, -ala. *a.* Anodyne. 2 Mitigant.
faothaich, *pr.pt.* a' faothachadh, *v.a. & n.* Relieve, alleviate, be relieved, as from fever, &c.
faothaid, see faghaid.
faothaistean,(MMcL) *s.m.* Open space in creel for lifting it.
faotuinn, see faotainn.
far,*adv.* Where. Far am bheil e, *where he is*; cha bhi loinn ach far am bi thu, *there will be no joy but where thou art.*
far-, *a.* Additional, extra, as far-ainm, *nickname.*
far, *v.def.* see fair.
far, *prep.* (*for* mar) With, along with, in company with. Co théid far rium ? *who will go along with me ?*
far, *Islay, Mull, &c.* for bhàrr—*Sgeulaiche-nan-caol.*
far,†† *pr.pt.* a' faradh, *v.a.* Freight, as a ship.
far ? ‡‡ *adv.* Why ? Wherefore ?
far,(AC) *prep.* On (used in compounds.)
fàr, } *Suth'd* form of tàir. *get, obtain. 2 come.*
fàr, } Used after nach. (Nach fhar *or* nach fhàr.)
fara-bhradan,)AC) *s.m.* Spent salmon.
fara-bhreac,(AC) *s.m.* Spent trout.
farach,** -aich, *s.m.* Mallet, beetle.
farachaidh-chnocaidh,*s.f.* Mall, stone for grinding barley—*Arran.*
farachan,‡ -ain, *s.m.* Death-watch beetle. 2†† Mallet, beetle. 3**Rammer.
farachdach, -aich, *s.m.* Mallet, beetle.
farach-donn,(AC) *s.* see lus-nan-cnapan.
farach-dubh, -duibhe, *s.m.* Fig-wort, see lus-nan-cnapan. [McL & D gives Kernel-wort.]
fara-chrann, see farch-chrann.
fàradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* [*f.* in *Perthshire.*] Ladder. 2 Shrouds of a ship.
faradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Hen-roost. 2 Loft made of sticks covered with divots. 3 Freight, ferriage. 4 Gallery. 5**Litter in a boat to receive horses or cattle. 6 Sometimes used for fàrradh. Pàidh f., *pay the freight* ; air an fh., *on the cock-loft* ; f.-luing, *a ship's load.*
faragair,** *v.n.* Welter. 2 Flounder. 3 Bathe.
fara-ghaol,(AC) *s. m.* False love.
fara-gruag, *s.f.* Peruke.
faragrach,** *a.* Weltering. 2 Floundering.
faragradh,** -aidh, *s.m.* Weltering. 2 Floundering. 3 Bathing. 4 Report.
faraiche, -an, *s.m.* Cooper's wedge. Rinn e f. de 'n fharaich, *he made a plug of the punch*—driving out a plug with another and that other sticking in its place—i. e. he is as badly off as ever.
faraid, see farraid.
farail, -alach, -alaichean, *s.f.* Visit, enquiry after health.
far-ainm, -ainmeannan, see fath-ainm.
-———each, see fath-ainmeach.
faraire, -an, *s. f.* Night-watch, watching a corpse. 2 The entertainment on such occasions, wake.
faralach, -aiche, *a.* Squeamish. †2 Like.
fara-laogh,(AC) *s.m.* False calf, monstrosity.
faram, -aim, -an, see farum.
faramach, -aiche, *a.* see farumach.
faran,§ *s.m.* Garlic, see gairgean. 2**see farran. 3(AF) Turtle-dove, see turtur. 4**Turtle.
———aich,* *v.a.* see farranaich.
faraon, *adv. & conj.* see araon & maraon.
†fàras, -ais, *s.m.* Reason, argument.
farasda, -aisde, *a.* Solid, sober, composed. 2 Mild, gentle, tranquil. 3* Soft. Gu f. fòil, *solemnly and softly.* [F. is often confused with furasda.]
———chd, *s.f.ind.* Solidity, composure, easiness, gentleness. 2††Softness. 3**Soberness.
farasg,(AC) *s.m.* False fish, fish found dead on the sea or shore.
farbhail, -e, *pl.* -ala & -ean, *s.f.* Lid, covering. F. nan sùl, *the eyelids.*
farbhalach, -aich, *s.m.* Stranger, foreigner. 2 ††Big clown.
farbhalla, -chan, *s.m.* Buttress.
-———ch,** *a.* Having a buttress. 2 Like a buttress. 3 Of, or belonging to, a buttress or rampart.
-———dh, see farbhalla.
farbhas, -ais, -an, *s.m.* Surmise, guess. 2 Report, rumour. 3 Destruction. 4 Attack, assault. 5 Coarse mixture. 6 Loathsomeness —*Dàin I. Ghobha.*
———ach, -aiche, *a.* Guessing, surmising. 2 Rumouring.
far-bheann,** -bheinne, -bheanntan, *s.f.* Cliffy mountain. 2 Pinnacle. 3 Mountain ridge.
———-—ach,** *a.* Cliffy, rocky. 2 Pinnacled.
far-bhonn, -bhuinn, *s.m.* Fore-sole of a shoe. 2 ††Inner sole.
far-bhriathar,** see for-bhriathar.
far-bhualadh, -aidh, *s.m.* Striking backwards.
far-bhuille, -an, *s.f.* Back-blow.
farca, -n & -chan, see farchan.
farcan,** -ain, *s.m.* Oak. 2 Corn on the hand or foot.
farch,(AC) -a, *s.f.* Kind of musical instrument, probably the lyre, possibly the lute.
farchachan, see farchan.
farchan, -ain, -an, *s.m.* Mallet.
farch-chrann,(AC) *s.m.* Bread-toaster.
farch-chiùil,)AC) *s.f.* see farch. Bu bhinne na f. do ghuth, *sweeter than the lyre thy voice.*
farchin, see far-chrann.
far-chluais, see far-cluais.
far-chraiceann,** *s.m.* Epidermis.
far-cluais, -e, *s.f.* Listening unperceived, eavesdropping, overhearing. 2 Hearkening.
-———ich,** *v.n.* Overhear, eavesdrop, listen under windows. 2 Listen.
fàrdach, -aich, -aichean, *s.f.* House, dwelling, lodgings, quarters, mansion, hearth, home. F. oidhche, *a night's lodging* ; taobh cùil na fàrdaich, *the back part of the house ;* t' fh., *thy dwelling* ; théid 'fh. bun os ceann, *his dwelling shall be overturned.*
fàrdadh, -aidh, *s.m.* The bark of alder, used in dyeing black.
fàrdal, -ail, -an, *s. m.* Delay, hinderance. 2 Detention. 3**Longing. Obair gun fh., *a work without delay.* [†† gives *pl.* fàdailean.]
———ach, *a.* Slow. 2 Late, tardy. 3**Dilatory. 4 Obstructing. Gu f., *dilatorily.*

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

fàrdan,‡ -ain, *s.f.* see feòirling.
fàrdath,* *s.m.* Lye or any colour in liquid. F. gorm, *liquid blue.*
fàrdoch, -oich, see fàrdach.
far-dorus, -uis, *s.m.* Lintel of a door.
fardrach, *s.f.* see fardach. Teasraig an teach 's an fh., *protect the house and household.*
farfas,(CR) *s.m.* Loathing, nausea—*Lochbroom.*
fàr-fhuadach, -aich, *s. m.* Banishing, forcing away.
———adh,** -aidh, *s.m.* Banishing, displacing, ejectment, displacement. A' f—, *pr. pt.* fàr-fhuadaich.
fàr-fhuadaich,** *v.a.* Banish, displace, drive away by force.
fàr-fhuadaiche,** *s.m.* Exile.
farfonadh,‡ -aidh, *s.m.* Warning.
fargradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Report, rumour. 2 Surmise. Tha f. ann, *it is reported.*
fa ri chéile, *adv.* see under far ri.
far-iouga, -an, *s.f.* White swelling. 2‡‡Agnail. *prov.*
farlas, see fairleus.
fàrlus, -uis, -an, see fairleus.
farmachan, -ain, *s.m.* Sand-lark.
farmad, -aid, *s.m.* Envy, grudge at another's success. 2 Malice. Cùis fharmaid, *an enviable object;* gabh f. ris, *envy him* ; is e f. a ni treabhadh, *emulation makes ploughing*—one man's achievements spurs on his neighbour to similar deeds ; an cunnart a chaidh seachad, is cùis fharmaid e, *a past danger is an enviable danger*—enviable in the sense that it is nice to talk about it.
———ach, -aiche, *a.* Envious. 2**Malicious. 3‡‡Enviable.
farmail, -alach, -an, *s.f.* Large water pitcher—*Hebrides.*
———, *a.* Enviable. 2 (DC) Business-like, of successful intention. An tìr ro fharmail, chliùteach, ainmeil, *the land that is much to be envied, famous and celebrated—Filidh*, p.21.
far-mhaladh,** -aidh, -aidhean, *s.m.* Eye-lid.
farpas, -ais, see fortas.
———ach, -aiche, *a.* see fortasach.
farpuis, -e, -ean, *s.f.* Contest, strife, emulation.
———each, -iche, *a.* Contending, emulative.
fàrr! *inter.* Off! be off!
farrabhalladh, -aidh, -aidhean, see farbhalla.
farrabhonn, -uinn, see farbhonn.
farrach, -aich, *s.m.* Force, violence. 2 Act of forcing. A' f—, *pr.pt.* of farraich. Na bi 'ga fh., *do not press him.*
farrachd,(DMC) *s.f.* Enquiring. A' f. air a shon, *enquiring for him.* A' f—, *pr.pt.* of farraid—*Uist.*
farrachan,(AF) -ain, *s.m.* see farachan.
farradh, -aidh, *s.m.* Crop raised by a married farm-servant for his own use. Strictly speaking, it means the tilling done by the wife, while the husband is attending to the *gràithseach*, the master's crop. Occasionally a very active woman might get through more work than her less active husband, in which case it would be said, is mó am f. na 'ghràithseach, *the servant's crop is bigger than the master's.*
fàrradh, -aidh, *s.m.* Litter, straw or brushwood laid in a boat.
†farradh, *s. m.* Company, vicinity. 2**Comparison. 3**Force.
†farradh, *prep.* Along with.
farra-dhruim, see forra-dhruim (A4 under bàta.)
farragan,‡ -ain, *s.m.* Ledge—*Arran.*
farraich, *pr. pt.* a' farrach, *v. a.* Force, urge, press, prevail.
———e, *s.m.* see fairche.
farraid, *pr.pt.* a' farraid, (also farrachd—*Uist*) *v.a.* Ask, enquire, question, ask for or after.
———, -e, -ean, *s.f.* Enquiry, act of enquiring, asking for or after, A' f—, *pr.pt.* of farraid. Cha d' thug e f. orm, *he made no enquiry of me;* cha d'rinn iad m' fharraid, *they did not ask for me.*
———each, -iche, *a.* Inquisitive, prying, curious, meddling. 2 Mocking—*Arran.*
———eachd,** *s. f. ind.* Inquisitiveness, curiousness, prying habit.
———ich, *v.a.* see farraid.
fàrrais, see pàrras.
farral, -ail, *s.m.* see farran.
———ach, -aiche, *a.* see farranach.
farran, -ain, *s.m.* Anger. 2 Pettishness. 3 Vexation. 4 Regret. 5* Slight offence. 6** Disquietness. 7 Incommodiousness. 8 *rarely* Force. Mu'n tig f. air 'aodann, *ere vexation fall on his brow.*
farranach, -aiche, *a.* Vexatious, provoking, annoying. 2 Proud, haughty. 3 Meddling. 4**Vexed. 5 Incommodious.
———d, *s.f.* same meanings as farran.
———adh, -aidh, *s.m.* Exasperation, provocation, vexation, annoyance. 2 Provoking, teasing. A' f—, *pr.pt.* of farranaich.
farranaich, *pr. pt.* a' farranachadh, *v.a.* Vex, exasperate, tease, pester, gall, annoy, anger. 2**Discompose.
farranaiche, *comp.* of farranach.
farranaichte,** *a.* Chagrined, soured.
farranta, *a.* Neat. 2 Stout, great. 3 Lofty. 4 Stately. 5**Generous. 6**Brave.
———chd,** *s. f.* Stoutness. 2 Bravery. 3 Generousness.
farrantan,** *s.pl.* Tombs.
farrantas, -ais, *s.m.* Power. 2 Stoutness. 3 Manliness. 4 Bravery. 5**Generosity.
fàrras, *s.f.* see parras.
farrbhalladh, see farbhalladh.
farr'bheinn, -e, -bheanntan, see far-bheann.
———each, see far-bheannach.
farr-bhonn, see far-bhonn.
far ri, *adv.* With, in company with. Far rium, *with me;* far riut, *with you* ; far rithe, *with her;* far ri (*for* mar ri) chéile, *together.*
farruinn,‡ *s.f.* see fàruinn.
far ruinn, *for* maille ruinn, & mar ruinn, see under far ri, with us, together with us.
farrusg, -uisg, -an, *s. m.* Peeling. 2 Inner rind. 3 Cuticle of diseased flesh. 4 Scales. 5 Refuse of anything. 6 (DMC) Short new wool under the old fleece—*Uist.*
farrusgag,‡ -aige, -an, *s.f.* Artichoke—*cynara scolymus.* [F. and *bliosan* are applied to Jerusalem artichoke (*helianthus tuberosus*) and *plùr-na-gréine* to the flower, from the popular error that the flower turns with the sun.]
———ach,** *a.* Of artichokes. 2 Abounding in artichokes.
farsaing, -e, see farsuing.
†farsan, -ain, *s.m.* } Explication, parsing.
†farsanachd, *s.f.ind.* }
farsanach, (DC) *a.* Given to straying or wandering.
farspach,¶ -aiche, -aichean, *s.f.* The great black-backed gull—*larus marinus.*
——— -bheag, *s.f.* Lesser black-backed gull, see sgaireag.
farspag, -aige, -an, see farspach.
farsuing, -e, *a.* Large, wide. 2 Liberal, open. Gu fada f., *far and wide.*
———each,†† -eiche, *a.* Wide, extensive.
———eachadh, -aidh, *s.m.* Widening, enlarging. 2 Act of widening, enlargement. A' f—, *pr. pt.* of farsuingich.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

farsuingeachd, *s.f.ind.* Width, extent, largeness.
———ead, Same meanings as farsuingeachd.
———ich, *pr. pt.* a' farsuingeachadh, *v.a.* Widen, increase, enlarge.
farsuinneachd, *s.f.* see farsuingeachd.
farsuinnich, see farsuingich.
far-thagh,(AC) *s.m.* Certain amount of farm-produce allowed to farm-servants in olden times.
far-thìr,(AC) *s.f.* Border, coast. 2 Out-of-the-way place.
far-thìreach,(PM) *s.m.* Foreigner, stranger.
far-thobhta, -chan, *s.f.* Buttress.
fartus, -uis, see fortas.
fàruinn, -ean, *s.f.* Pinnacle. F. na beinne, *an opening between mountains.*
faruinn, see far ruinn.
far-uinneag, -eige, -an, *s.f.* Lattice, casement.
———-———ach,** *a.* Latticed.
†faruisg, see farrusg.
farum, -uim, *s. m.* Noise, report. 2 Percussion. 3* Sound of the tramping of horses. 4 Clangour, clashing. 5 Rustling. 6 Burliness. 7(AC) Figwort, see lus-nan-cnapan. F. an stàilinn, *the clangour of their steel;* f. an duilleich sheargta, *the rustling of their withered foliages.*
†farum, *a.* Merry.
farumach, -aiche, *a.* Noisy. 2**Loud. 3**Sonorous. 4**Rattling. 5 Beating at regular intervals. 6 Energetic. 7* Merry. A' dol air aghaidh gu f., *going forward merrily;* beucadh an cuan gu farumach, *let the sea roar mightily.*
———————d, *s.f.ind.* Noisiness.
farusg, -uisg, -an, see farrusg.
———ag, -aige, -an, see farrusgag.
fàs, -àis, *s.m.* Growth, increase. 2 Growing, increasing, becoming, state or act of growing. 3* Produce. F. an fhuinn, *the produce or increase of the land;* cha'n 'eil f. aig ni 'sam bith, *there is no vegetation of anything;* teachd an fhàis mu dheireadh, *the shooting of the latter growth;* f. is gnàths is toradh, *growing, indigenous and fruit-bearing*—on New Year's morning a branch or twig having these three characteristics was taken into houses in olden times, as a token of wished-for prosperity during the coming year. The twig required to have life in it, i.e. it must be plucked off the tree. It required to be a native tree, no exotic or introduced tree would do, and it would require to bear fruit in its season. Fàs a' ghruinnd a réir an uachdarain, *the yield of the ground is according to the landlord.* A' f—, *pr pt.* of fàs.
fàs, *pr.pt.* a' fàs, *v.n.* Grow, vegetate. 2 Increase. 3 Become great or little, good or bad. 4*Rise. Dh' fh. e mór, *he grew tall;* dh' fh. sléibhtean ceò air an fhairge, *mountains of mist rose on the sea;* f. reamhar, *get* or *become fat;* dh' fh. an t-eòrna, *the barley vegetated.*
fàs, -a, *a.* Empty, vacant, hollow, void. 2 Waste. 3 Laid waste, desolate. 4*Unoccupied. 5 Uncultivated. 6 False, hollow. 7** Addle. 8** Addle-pated. Taigh f., *an unoccupied house;* fearann f., *waste* or *uncultivated land;* ni thu e f., *thou shalt make it hollow;* rinn mi f. an sràidean, *I have laid their streets desolate;* thug e ceum f., [thug e ceum fallsa], *he took a false step;* is f. a' chùl as nach goirear, *deserted is the corner whence no (voice of bird) is heard;* cuir f., *lay waste.*
†fas, *s.m.* Homestead, abode.
fasa, *comp.* of furasda. Easier.
fàsach, -aich, -aichean, *s.m.* (except *gen. sing.* which is *f.*, but *f.* in all cases in *Badenoch.*) Desert, wilderness, solitude, desolation. 2 Mountain, hill, "forest." 3 Stubble. 4 Choice pasture. 5‡‡Edge, border. 6‡‡Mark, spot. 7** Grassy headland of a ploughed field. F. fiadhaich, *a terrible wilderness;* féidh na fàsaich, *the forest deer;* luchd-còmhnuidh na fàsaich, *the dwellers of the desert.*
fàsach, -aiche, *a.* Desolate, untrodden.
———d, *s. f. ind.* see fàsalachd & falmhachd. 2††Growth.
———adh, -aidh, *s.m.* Depopulation. 2 Act of depopulating or laying waste. A' f—, *pr.pt.* of fàsaich.
fasachadh,** -aidh, *s. m.* Encumbrance. 2 Encumbering.
fàsachail, -ala, *a.* see fàsail.
fasad, *3rd. comp.* of furasda.
fàsadach,‡‡ -aiche, *a.* Crescent.
†fasadh, -aidh, *s.m.* Dwelling.
fàsadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Protuberance.
fàsag, *s.f.* Plug-hole in a boat. 2(MMcL) Plug, —*Moidart.* 3 (DU) Pea-pod ih early stages, (before the peas have assumed anything like full size.)
fàsaich, *pr.pt.* a' fàsachadh, *v.a.* Depopulate, lay waste, desolate. 2 Afforest. 3 Destroy. 4 Encumber. Dh' fh. e an dùthaich, *he depopulated the country.*
———ear, *fut. pass.* of fàsaich.
———te, *past pt.* of fàsaich. Depopulated, laid waste, desolated.
fasaid, *2nd. comp.* of furasda.
fàsail, -ala, *a.* Desert, desolate. 2 Solitary, lonely. 3**Wild. 4**Growing. Sruthan f., *a lonely brook; a dry brook.*
fàsaidheachd, *Suth'd.* for fàsachd (barrenness.)
fàsair,(DU) *s.m.* Boat-plug. Toll(a) fàsair, *plug-hole,*
fasair, *v.a.* see asairich.
———, -srach, -sraichean, *s. f.* Luxuriant pasturage. [Also asair.]
———eadh,(AG) *Reay country* for fasanadh (pasturing.)
fasairich, *v.a.* see asairich.
fàsalach,†† -aich, *s.m.* Void.
———d, *s.f.ind.* State of lying waste, desolation, emptiness, solitude. Là f., *a day of desolation.*
fàsam, for fàsaidh mi, I will grow.
fàsan, -ain, *s. m.* Refuse of grain.
fasan, -ain, -an, -an, *s. m.* Fashion, custom, manner. 2 Homestead and cultivated ground around it. 'San fhasan, *in fashion;* as an fh., *out of fashion.*
———ach, *a.* see fasanta. Gu f., *fashionably.*
fasanadh, -aidh, *s.m.* The old custom of giving an hour's grazing to milch cows on the green patches (ceannamhagan) adjacent to the corn prior to their being sent to the hill for the day.
fasanta, *a.* Fashionable, in fashion. 2 Customary, habitual. 3**Fond of fashion. Baintighearna fhasanta, a *fashionable lady.*
———chd, *s.f.ind.* Fashionableness. 2 Adherence to fashion or custom.
fàs-bheann, *s.f.* Desert hill. Cìob nam f., *the rank grass of the desert hills.*
fas-bhuain, -bhuana, *s.f.* see asbhuain.
fàs-charn,** *s.m.* Cenotaph.
fàs-cheannach, -aiche, *a.* Barren, dull.
fàs-cheilg,** *s. f.* Hollow guile, low cunning. Labhair e gun f., *he spake without guile.*
fàs-choille, -choilltean, *s.f.* Young grove, grove or wood in the first few years of its growth. 2††Wilderness.
fàsd,** *s.* Seizure.
fasda,(PM) *s. m.* Rope used in towing large lumps of seaweed called *maois* and *ball* after boats.—*Uist.*

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

fasdachadh, see fasdadh.
fasdadh, -aidh, *s.m.* Biting, binding, as a servant, for a stated term. 2 Stoppage, seizure. A' f—, *pr. pt.* of fasdaidh. Biodh siod air t' fhasdadh 's lann chiun-aisnich, 's gàirdean gasda leanadh i, *that will be part of your wage, and a fluted sword and strong arms to wield it—Fitidh, p. 11.*
fasdaich, *v.a.* see fasdaidh.
fasdaid, *a.* Fee'd, as at market—*Arran.*
fasdaidh, *pr.pt.* a' fasdadh, *v.a.* Hire, engage. 2 Bind, secure, make fast, tie.
fasdail, -alach, -ailean, *s.f.* Dwelling. 2* Dome.
fàs-dhiobhuirt,‖ *s.m.* Retching.
fa seach, *adv.* Apart, distinctly, separately, individually. 2 Alternately. Ceòl is cuirm fa seach, *music and feasting by turns.*
fasg,* *v.a.* see faisg.
fasg,** -aisg, *s.m.* Prison. 2 Band, bond. 3 (DC) Cot in which to confine a sheep with a foster-lamb, to induce each to take to the other—*Argyll.*
——ach, -aiche, *a.* Sheltering, well-sheltered. 2**Screening. 3**Calm. Àite f., *a well-sheltered place.*
fàsgach, -aiche, *a.* Wringing.
fàsgadair, see fàisgeadair.
fasgadair,¶ *s.m.* Arctic gull, Richardson's skua, —*lestris Richardsoni.* [This name is sometimes applied to the *fasgadan.*] 2‡‡One that picks off or destroys vermin.



302. Fasgadair.

fasgadan, -ain, *s. m.* Umbrella. 2 Sun-shade, parasol.
fasgadan, -ain, *s.m.* Common skua—*lestris catarractes.*
fasgadh, -aidh, -aidhean, *s. m.* Protection, shelter, screen. 2**Refuge. 3**Shadow. 4** Sparks from red-hot iron. 5 Fold. 6 Penfolding of cattle. 7 *Blair Atholl* for fasdadh. F. na daraich, *the shelter of the oak;* a dhìth fasgaidh, *for want of shelter;* taobh an fhasgaidh, *a lee side.*
fàsgadh, -aidh, *s.m.* Wringing, squeezing, pressing. A' f—, *pr. pt.* of fàisg. An ni nach gabh nigheadh cha ghabh e f., *what will not wash will not wring;* f. samhlach, *a copying-press;* cha'n ionann do fhear na neasgaid agus do fhear 'ga fhàsgadh, *it's different with the man of the boil and the man that squeezes it*—N.G P.
fasgadh, -aidh, *s.m.* Cleansing from vermin. A' f—, *pr.pa.t.* of faisg.
fasgadhach,** *a.* Sheltering, protecting.
fasgaich, *v.a.* Imbower, shelter.
fasgaidh,†† *s. f.* Cleaning off vermin. A' f—, *pr.pt.* of faisg.
———,** *a.* Sheltered. 2 Calm.
fasgain, *pr. pt.* a' fasganadh & a' fasgnadh, *v.a.* Winnow. 2 Sift.
fasgainte, *past pt.* Winnowed. 2 Sifted.
fasgair,** *s.m.* Gaoler. keeper.
fasgan,** -ain *s.m.* Winnow. 2 Sieve. 3 Muscle. F. an diomhanais, *the sieve of vanity.*
fasganadh,(MMcD) *s.m.* Separating the husks from the seed in a strong wind, winnowing. A' f—, *pr.pt.* of fasgain.
fasgath, -aith, -aithean, *s.m.* see fasgadh.
———ach, -aiche, *a.* see fasgach.
fàs-ghlac, -ghlaice, -an, *s.f.* } Desert vale.
fàs-ghleann, -ghlinn, *s.m.* }
fasgnadair,(CR) *s.m.* Winnower.
fasgnadan,* -ain, *s.m.* Ventilator.
fasgnadh, -aidh, *s.m.* Winnowing, cleansing of grain out of doors. The process of cleaning grain by throwing it up with a sieve and catching it again, thus bringing the bad seed and chaff to the surface, after which it is lifted with the hand, and separated from the good grain—(DC.) 2 Sifting. A' f—. *pr. pt.* of fasgain. Cailleach-fhasgnaidh, *fanner.*
fasgnag, -aige, -an, *s.f.* Corn-fan, winnowing-fan. (beantag.)
———ach, *a.* Of or belonging to a hand-winnow. 2 Like a hand-winnow.
fa-sgrìobhadh,** -aidh, *s.m.* Appendix.
fa sheachd, *adv.* Seven times.
fàslach, -aich, -aichean, *s.m.* Hollow, vacuum, void, space, interstice. 2 Instigation. 3 see furail.
†faslairt, *s.* Encampment.
fàs-lomairt, -ean, *s.f.* Preparation of victuals in the fields or hills. 2 Hasty meal. 3**Expeditious method of cooking victuals in the stomach of an animal, once practised in Gaeldom. 4 Temporary habitation.
fàsmhoire, *comp.* of fàsmhor.
fàsmhor, -mhoire, *a.* Growing, thriving, vegetative. 2 Desert, desolate, lonely, waste.
———ach, -aiche, *a.* see fàsmhor.
———achd *s.f.ind.* State of growing, growth, increasing, thriving.
fasnag, *prov.* for fasgnag.
fàs-na-h-aon-oidhche,§ *s.*Mushroom, see agairg & balg-bhuachaill.
faspan, -ain, -an, *s. m.* Difficulty, embarrassment.
———ach, -aiche, *a.* Difficult, embarrassing.
fasradh, -aidh, see asradh.
fasraichean, *pl.* of fasair (*for* asair)
fast,(AF) *s.m.* Reindeer.
fasta, *s.* see fasdadh.
fastachadh, see fasdadh.
fastadh, -aidh, -aidhean, see fasdadh.
fastaich, see fasdaich.
fastaidh, *v.a.* see fasdaidh.
fàsuich, *v.a.* see fàsaich.
fàth, *s.m.ind.* Cause, reason, object. 2 Opportunity. 3 Ambuscade, principle. 4**Poem. 5 **Field. 6**Heat. 7 Breath. 8 (AC) Vista, perspective. 9(AC) Long narrow glen. 10** *rarely* Skill. F. mo dhuilichinn, *the cause of my sorrow;* f. iongantais, *a cause of wonder;* gabh f. air sin, *watch an opportunity for that;* f. air son fola, *an opportunity for bloodshed;* f. fad air falbh, *a view far away;* chì mi f. air an fhiadh, *I see a distant view of the deer;* ni 'm faic mi f. dhiubh, *nor do I see a view of them.*
fath,** *s.* Advantage.
fath,‡ -ach, -achan, *s. f.* see famh. [*gen.* fathann, *pl.* fathan—*Gairloch, &c* (DU)
fath,* *v.a.* see fàth-fheith.
fàth, *Gairloch for* fàdh, *gen.pl.* of fàidh.
——ach, -aich, *s.m.* see fàth.
——ach, -aich, *s.m.* Giant, monster, genius. F. was invariably used in the old tales, and through ignorance of grammar the *fh* has been dropped in many places, and the *gen.*

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

with the article is used instead of the *nom.*—guth an fhathaich, *the giant's voice*, is thus erroneously written *guth an athaich*. The same thing has happened to many other words as, eagal, &c.

†fathach, -aich, *s.m.* Prudence, knowledge.

fàthach,†† *a.* Pertaining to cause, reason or opportunity.

fàth-ainm, -ean & -eannan, *s.m.* Nick-name.

————each,** *a.* Nicknaming, apt to nick-name.

fathamach,†† *a.* Fearful, reverent, obedient.

fathamas, -ais, *s. m.* Degree of fear, reverence, awe, obedience. 2 Warning. 3 Occasion, opportunity. 4 Indulgence, partiality. 5 Mitigation. 6††Sparing. 7 (DMC) Reprieve, respite—*Uist.* Gun fh. do dhuine seach duine, *without partiality to one man more than another.*

fathan, -ain, *s.m.* Journey. 2§ Colt's foot, see cluas liath. 3 (AH) Light wind.

————ach, -aiche, *a.* Trifling, silly, of mean appearance.

————achd, *s.f.ind.* Silliness of appearance.

fathann,†† -ainn, *s.m.* Rumour, news.

————ach,†† *a.* Pertaining to rumours or news.

fathas,** -ais, *s.m.* Skill. 2 Poetry. 3 Prudence.

fathasdaich, *Suth'd &c.* for fathast.

fathast, *adv.* Yet, as yet. 2 Still, notwithstanding. Thig e fhathast, *he will come yet*; is aoibhinn leam fhathast t' fhuaim, *thy sound is still pleasant to me*; 'n ann fhathast? *still? do you still persist?* [Generally aspirated.]

fathbh, see famh.

fathbhan, -ain, -an, *s.m.* Mole-hill. [famhan.]

fath-bheathach,(AH) *s. m.* Puny, half-starved animal.

fath-chainnt, -e, *s.f.* see fachaint.

fath-déistinn, *s.m.* Cause of abomination.

fath-dhorsach,** *a.* Having small doors or wickets.

fath-dhorus, -uis, -dhorsan, *s. m.* Small door, wicket.

fath-each, *s.m.* Make-shift horse. 'Am fear a cheannaicheas am fath-each ceannaichidh e an t-ath each, *he that buys a make-shift hack will have to buy another horse.*

fath-fhaim,** *s.f.* see faitheam.

fàth-fheith, *pr.pt.* a' fàth-fheitheamh, *v.a.* Waylay, beset. 2**Ensnare.

————eamh,** *s.m.* Ambuscade. A' f—, *pr.pt.* of fath-fheith.

fath-ghabhail,‡‡ *s.* Ambush.

fath-loisg,** *v.a.* Char. 2(DMC) Burn heather.

fathmas, see fathamas.

fath-mhùgach, *s.f.* see famh.

fàth-oide, -an & -chan, *s.m.* Schoolmaster, preceptor. 2**Usher.

fathrag,** -eig, *s.m.* Bath.

fathraig,‡ *pr.pt.* a' fathragach, *v.a.* Bathe.

fathraire, see faraire.

fa thrì, *adv.* Thrice.

fath-rud,** *s,m.* Appendage.

fath-rusgach,‡‡ -aiche, *a.* Paleous.

fath-sgrìobh, *v.a.* Subscribe, subjoin, write as a postcript. [fo-sgrìobh.]

————adh, -aidh, *s. m.* Subscribing, subjoining. 2 Act of subscribing or subjoining. 3 Appendix. 4 Postscript. A' f—, *pr.pt.* of fath-sgrìobh.

fa-thuaiream, *prep.* Towards. 2 About. Buille fa th., *a chance trial.*

fathunn, -uinn, *s.m.* see fathann.

————ach, -aiche, *a.* see fathannach.

fathur,** -uir, see fathunn.

fé, *Arran* for féin.

fé,** *a.* Wild, inconsistent in a fury.

fè, *s.f.ind.* see fèath. 2 see feith. 3**Quagmire. 4**Park. 5**Fold. 6***rarely* Measuring-rod. 7**Hedge.

†feabh, *s.f.* Conflict, storm. 2 Means, power, faculty.

feabha, One of the *comp.* forms of math.

————id, *2nd. comp.* of math.

feabhas, *3rd. comp.* of math, or *s.m.* (*gen.* -ais.) Superiority. 2 Goodness. 3 Beauty, comeliness. 4 Convalescence. 5**Improvement. 6 7**Excellence. 8**Better, best. 9 Decency. Cha'n fhaic mi 'fh., *I cannot see its superior*, or *better than it*; an duine d' a fh., *no matter how good the man may be*; air son 'fh., *for its superiority*; air 'fh. gu'm faighear thu, *no matter how much you exert yourself*; tha 'n duine tinn a' dol am f., *the sick man is getting better* or *convalescent.*

feabhasach, *a.* Better, improved, ameliorated.

feabhasaich, *v. a. & n.* Ameliorate, correct, amend.

feabhlan, see faoileann.

Feabhradh,** -aidh, *s.m.* February.

†feabhsach, *a.* Cunning, skilful.

feach, *v.a.* see feuch.

†feach, *s.* Journey. 2 Spade. 3 Handle of a spade.

feachadh,** -aidh, *s.m.* Spade. 2 Mattock. 3 Pick-axe.

fèachainn, see feuchainn.

feachd, -an, *s.f.* Army, host, forces, levy, trained bands. 2 War. Bliadhn' an fh., *the year of the war (1745)*; an làithibh cath is f., *in the days of battle and warfare*; f. nan sonn, *the battle of the brave*; f. oileinichte, *a trained army*; far nach bi na mic-uchd, cha bhi na fir-feachd, *where there are no boys in arms, there will be no armed men.*

————, *v.a. & n.* Bend, bow. 2 Yield. 3 Swerve. Ceannabhard nach gabhadh f., *a chief who would not yield*; esan a dh' fh. o 'n chòir, *he that swerved from the path of rectitude.*

†feachd, *s. f. ind.* Bend, curve. 2 Cramp. 3 Danger. 4 Journey. 5 Alternative time, turn. 6 *rarely* Deeds.

feachda,* *a.* Regimental.

feachdach,** *a.* Crooked, bent. 2 Pliable. 3 Having armies.

feachdadh, -aidh, *s.m.* Bending, bowing. 2 Act of bending. A' f—, *pr.pt.* of feachd.

feachdail,** *a.* Hostile.

feachdaire, -an, *s.m.* Warrior.

feachd-aitreabh, -an, *s.f.* Barracks.

feachd-cheum,‡‡ -éim & -a, *s.* March.

feachd-dhaingnich, *s.f.* Garrison.

feachd-dìon, *s.f.* Fencibles.

feachd-dùthcha, -an-, *s.f.* Militia.

feachd-imeachd, *s.f.* March.

feachd-imich, *v.a. pr.pt*, a' feachd-imeachd, *v.a.* March.

feachd-mara, *s.f.* Armada, fleet, navy.

feachd-mharasgal, -ail, *s.m.* Field-marshal.

†feachdnach,** -aich, *s.m.* Prosperity, luck. 2 Manhood.

feachdraidh, *s.pl.* Armed infantry.

feachdta, *a. & past pt.* of feachd. Bent, bowed, crooked.

feachd-tìre, *s. f.* Militia. 2(AH) Army—foot, horse, and artillery.

fead, -an, *s.f.* Whistle. 2 Hiss, hissing noise. 3 **Shrill voice. 4 Blast. 5 Smart blow. 6** Bustle. 7**Fathom. 8**Island. 9***rarely* Bulrush. F. 'san leth-cheann, *a blow on the cheek*; f. air fuar-luirg, *whistling on a cold track*="a wild goose chase"; f. an aonaich, *the whistling of the wind on the heath*; dean f.,

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

whistle; ni e f., *he shall whistle;* gearr f., *whistle—Uist.*

fead, *pr.pt.* a' feadail, *v.n.* Whistle, hiss.

†fead, *v.a.* Tell, relate.

fead,‡ *s.f.* Soft rush, see luachair bhog.

feada-coille,‡ *s.f.* Wood-sorrel, see seamrag. 2 **Bulrush.

feadadh,** -aidh, *s.m.* Whistling. 2 Relation. rehearsal.

feadag, -aige, -an, *s.f.* Flute. 2 Whistle. 3 The third week of February. 4 Plover—*charadrius pluvialis.* 5**Flageolet. Le feadagaibh, *with flutes*; cha d' thugainn f. ort, *I don't care a whistle for you.*

———ach,†† *a.* Abounding in whistles, or plovers.

——— -bhuidhe, (AF) see feadag 4.

——— ghlas,¶ *s.f.* Grey plover, see trilleachan. *303. Feadag.*

——— -riasgach,(AF) *s.f.* Lapwing, see adharcan-luachrach.

feadaidh, *fut.aff.a.* of fead. Shall whistle.

féadail, -alach, *s.m.* see feudail.

feadail,** *s.f.* Whistling. 2 Hissing.

A' f—, *pr.pt.* of fead. Òganach a' f. 'sa mhagh, *a youth whistling on the plain.*

feadail, *a.* Whistling. 2 Of, or pertaining to, a whistle.

———ich,* *s.f.* see feadalaich.

feadain,** *v.n.* Pipe, whistle.

———, *gen. sing. & n. pl* of feadan.

———e,(AC) *prov. pl.* of feadan (crevice.)

feadaire, -an, *s.m.* Whistler, piper.

———achd, *s.f.* Whistling. Thòisich e air f., *he began to whistle.*

feadalaich, *s.f.* Whistling.

feadan, -ain, -an, *s.m.* Fife, flute. 2 Chanter of the bagpipe. 3 Reed. 4 Spout. 5 The calibre of a gun. 6 Barrel. 7 Crevice through which the wind whistles. 8 Oaten-pipe. 9 Discharge of a still. 10**Canal. 11 Water-pipe. 12**Flageolet. 13(DMC) Opening in the wall of a barn to let in the wind for winnowing grain. 14(DMC) Opening in the wall of a byre. 15(DMC) Aqueduct under a road. F. na bàthaich, *the byre-runnel;* f. taomaidh, *a pump;* ceòl an fheadain tlàth, *the music of the soft reed.*

———ach, -aiche, *a.* Of, like, or pertaining to, pipes, flutes, chanters, whistles, conduits, reeds, waterpipes or crevices.

———ach, -aich, *s.m.* see feadanaiche.

———achd,** *s.f.ind.* Playing on a flageolet or pipe.

feadanaiche, -an, *s.m.* Pipe-chanter. 2††Piper. 3**One who plays on a flute, flageolet, &c.

feadan-uisge,** *s. m.* Water-pipe, gutter or rone of a house. 2 (AH) Small cascade or waterfall.

feadar, *v impers.* see feudar.

——–,** -air, *s.m.* Pass.

feadaran,** -ain, *s.m.* Mirth.

feadarsaich,(DMC) *s.f.* Whistling—*Uist.*

†feadarthachd, *s.f.* Possibility.

fead-ghoite,** *s. m.* Noise in belly of horses when trotting.

fead-ghuil,** *s.m.* Lamentation.

feadh, *s.m. ind.* [Governs the *gen.*] Extent, length. 2 Fathom. 3 Whilst,during,through, throughout. 4 Among, amid. 5 So long as. F. ghleanntan fàsail, *through desert valleys*; f. gach tìr, *throughout every land;* f. an là, *during the day-time;* f. gach rè, *for evermore;* f. gach linn, *through every age;* f. 's is beò mi, *while I live;* f. 's a bha mis' a' tighinn, *while I was coming.* [*Am feadh,* and *air feadh* are often shortened to *feadh* by the omission of the prep.] Feadh 's a mhaireas an ruaig, *while the chase lasts;* air f. a chéile, *mixed up together;* air f. an arbhair, *among the corn;* tha na radain air f. an fhodair, *the rats are swarming in the hay;* feadh mo choise, *the length of my foot-print—Suth'd.*(DC)

feadhachan,* -ain, *s.m.* see feadhanach.

feadhail, *pl.* feadhlaichean, *s.f.* see fadhail.

feadhain,(AF) *s.m.* Team of horses.

feadhainn, -dhna, -dhnach, *s.pl.* People, folks. 2 Band, troop, company. 3 Group of persons or things. 4* Some, others, those. An fh. a thàinig a staigh, *the people that came in;* f. eile, *others;* an fh. a dh' fhàg sinn, *those we left*; an fh. dhiubh a thig, *those of them that mean to come*; cuid na feadhnach seo, *the property of these*; ceann-feadhna, *a chieftain.*

feadhair,** *a.* Wild, savage.

———eachd,** *s.f.* Gift, present. 2 Strolling, sauntering, idling.

†feadhan, -aine, *a.* Wild, savage.

fèadhan,(AF) *s.m.* Wild goose leader.

———ach, -aich, *s.m.* Soft breeze, breath of wind. F. gaoithe, *breeze of wind.*

feadhlan,(AF) see faoileann.

†feadhma, *s.f.* Service, superintendence.

feadhmach,** *a.* Powerful. Gu f., *powerfully.*

———,** -aich, *s.m.* Governor, overseer. 2 Steward, bailiff.

feadhmanta,** *a.* Official.

———chd, *s.f.* see feadhmantas.

———s,** -ais, *s. m.* Superintendence, overseeing, stewardship.

†feadhm-ghnàthachadh, -aidh, *s.f.* Usurpation.

feadhna,** *s.m.* Commander, chief, captain.

———, *gen.* of feadhainn.

———chd, *s. f. ind.* Captainship, captaincy. chieftainship, command.

feadraich, -e, *s.f.* Whistling.

feag, -an, *s.f.* see eag. 2**rarely* Tooth. 3** Offence.

——ach,** *a.* Crenated.

——aich, see eagaich.

——aichte, see eagaichte.

feagal, -ail, *s.m. Badenoch, &c.* for eagal.

feagamh, see theagamh.

feagh, -a, *s.f.* see feadh 2.

†feagha, *s.f.* Beech-tree.

fèairde, see fèairrd.

———achd,* see fèairrdeachd.

fèairrd, *comp.* of math. [Described thus in all Gaelic grammars, but féairrd and math have really no connection etymologically.] Is fh. thu sin, *you are the better of that;* cha'n fh. thu stuth dheth sin, *you are nothing the better of that.*

fèairrde,(DMC) *s.f.* Betterment. Cha'n 'eil f. dhomh ann, *it does me no good.*

———achd,* *s.f.* Improvement, convalescence. 2 Superiority, excellence. Cha'n fhaic mi fhéin f. sam bith air, *I don t see any symptom of convalescence* or *improvement.*

fearsaid, see fearsaid.

feairt, see feart.

†feal, *s.f.* Art, science. 2 Treason.

——, -a, *a.* Bad, evil.

feala-bheadradh, } *s.m.* Mirth.
feala-chluicn, }

feala-dhà, *s.f.ind.* Joking, irony, jest, mirth. Ri f., *jesting, playing the fool.*

fealan, -ain, -an, *s.m.* see fiolan. 2 Itch, hives. 3**Fleshworm. 4**Furuncle, bile. 5 Rash on face or body.—*Badenoch.* Duine aig am bheil

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

am f., *a man who has the itch.*
——ach,** *a.* Affected with itch. 2 Full of, or like, fleshworms.
feala-rìreadh, *s. f.* Earnest. Is tric a chaidh feala-dhà gu feala-rìreadh (*or* feala trì), *joking has often ended in earnest.*
feala-trì, *s.f.* Earnest.
†fealb, -a, -an, *s.m.* Kernel. 2 Lump in the flesh.
†——has, -ais, *s.m.* Evil vision. 2 Misinformation.
fealcaidh, -e, *a.* Austere. 2 Knavish, deceitful. 3 Unpleasant.
——eachd, *s.f.ind* Sharpness, sourness. 2 Knavery, deceitfulness. 3 Dispute, debate.
——eas,** -eis, *s.m.* Debate, dispute.
feall, *s. f. ind.* Treason. 2 Treachery, conspirracy, trickery, deceit, falsehood. Ri f., *practising guile.*
feall,* *a.* False.
feall, *v. a.* Deceive, betray, fail, impose upon.
fealladh, -aidh, *s.m.* Deceit, desertion, failure. A' f—, *pr.pt.* of feall.
fealla-dhà, see feala-dhà.
fealladh-bog,§ *s.m.* Water-hemlock—*cicuta virosa.*
feallair,** *s. m.* Deceiver, traitor. 2 Liar. 3§ Water-hemlock, see fealladh-bog.

304. Fealladh-bog.

——eachd,** *s.f.* Deceiving, deceitfulness. 2 Falsehood.
feall-aithris, *s.f.* Pretence.
feallan, -ain, *s.m.* Felon, traitor. see fealan. see fiolan.
fealla-rìreadh, see feala-rìreadh.
fealla-trì, see feala-trì.
feall-bheart, -bheairt, -an, *s.f.* Deceit.
——ach, *a.* Deceitful.
feall-chomhairlich, *v.a.* Plot.
feall-chruth,** s. Disguise.
feall-chùinn, *v.a.* Counterfeit, forge.
feall-chùinneadair,‡‡ -e, -ean, *s.m.* Counterfeiter.
feall-chùinneadh, -idh, *s.m.* Counterfeiting, forgery, act of counterfeiting or forging.
feall-chùinnte, *past.pt.* Counterfeited, forged.
feall-dhealbh, *v.a.* see feall-chùinn.
——ta, see feall-chùinnte.
feall-duine, *pl.* -daoine, *s.m.* Worthless man. 2 Deceiver, traitor.
feall-faire,(DMC) *s.f.* Waylaying.
feall-fheitheamh,-eimh, *s. m.* Lying in wait, ambush, ambuscade. Ri f., *lying in wait.*
feall-fhios,(AH) *s.m.* Extravagant or lying story, canard.
feall-fholach, -aich, *s.m.* Ambush, ambuscade.
——ail,** *a.* Treacherous. 2 Prone to lie in wait.
feall-fholaich, *v.a.* Lie in wait.
feall-ghnàthachd, *s.f.ind.* Affectedness, affectation.
feall-ghnìomh, -aran, *s.m.* Deceitful action, swindle, trick.
——ach,** *a.* Base in action, swindling, cheating.
feall-innleachd,** *s.f.* Deceit, guile, snare.
feall-léigh, -ean, *s.m.* Quack doctor, medicaster.
feall-lighiche, see feall-léigh.
†feall-mhac, -mhic, *s.m.* Learned man, scholar.
feall-mhiann, -an, *s.f.* Conspiracy, deceitful intention.
feallsa, *a.* Mendacious. 2 see fallsa.
feallsachd, *s.f.ind.* Mendacity, deceit.
†feallsadh,** -aidh, *s.m.* Philosophy. 2 Learning. 3 Literature.
†feallsaidh, *s pl.* Philosophers.
feallsaimh, -ean, *s.m.* Philosopher.
feallsamhna, *s.pl.* Philosophers.
——ch, -aich, see feallsanach.
——chd, *s.f.ind.* see feallsanachd.
feallsanach, -aich, *s.m.* Sophist, quack, false philosopher.
——d *s. f. ind.* Philosophy. 2 Learning. 3 Literature. 4 Sophistry. Trid fh. dhìomhain, *through vain philosophy.*
feallta, *a.* see fealltach.
fealltach, -aiche, *a.* Treasonable, false, deceitful. Gu f., *treacherously.*
fealltachd,** *s.f.* Treason, treacherousness, deceitfulness.
fealltail,** *a.* Traitorous, treacherous, deceitful. 2 Murderous.
fealltair, -ean, *s.m.* Traitor, villain. 2 Quack, rogue, deceiver.
——eachd,** *s.f.ind.* Conduct of a traitor. 2 Roguery, villany, deceitfulness.
fealltanach, -aich, see fealltair.
†fealmhac, see feall-mhac.
feam,* *s.* see feaman.
——ach,** *a.* Gross. 2 Dirty. 3 Silly. 4 Superfluous. 5 Having a large rump.
——achail, *a.* Dirty, nasty. 2 Clumsy, inelegant. 3 Gross. 4 Stupid.
——achas,** -ais, *s.m.* Grossness. 2 Dirtiness. 3 Silliness. 4 Superfluity.
feamaid,(DC) *s.f.* Seaware—*Uist.*
feamain,* *s.* see feaman.
feamainn,§**feamnach,** *s.f.* Seaweed of all kinds, cast ware, whether growing on the rocks or cast ashore. 2§ Rosebay, see seileachan Frangach—a common name for plants growing near water, especially if long-stalked. [Badge of the MacNeills.]
[In *Skye, Lewis, &c.*, the red or tangle seaweed is called *bruchd*, and the cutting seaweed *an fheamainn.* In *Uist* the red seaweed is called *feamainn dearg*, as distinguished from the black seaweed, which they cut on the rocks round the shore, and which is called *feamainn dubh. Feamainn* is the general name for all kinds of seaweeds, but there are names for the different kinds. *F. dearg*, or *bàrr dearg*, as it is sometimes called, is red seaweed. In *Uist* the red seaweed, which is cast ashore in May, June and July, and of which kelp was made, is called *am bragaire.* The cutting seaweed, *an fheamainn ghearraidh*, is known as (*a*) *feamainn dubh*, which does not float, it includes *aona-chasach* and *baiteach*—(PM) ; (*b*) *feamainn bhuidhe* or *bhuidheagach*, which floats ; (*c*) *gleadhrach*, which also floats; and (*d*) *feamainn chìrean* or *chìreag.* It is known as *feamainn chìreanach* in *Uist*, and *f. chìreag* in *Skye* and *Lewis.* It is only a few inches in length, and grows only on rocks that are seldom under the water during neaptides. It has a strong laxative property, often being plucked off the rocks and boiled, when it is given to cattle that are suffering from dryness—JM. In *Harris* the long seaweed that can be reached when the tide is very low is called *langadal*, in *Uist rochd.*—(DMC) In *Loch Ewe* red tangle is called *feamainn dearg* and *barra-stamh.*—(DU) All seaweed cast ashore is called when in a heap on beach *bruchd*, otherwise it is *feamainn churra.* The very same seaweed if cut from the rock by hand is called *feamainn ghearrta.* —(DMy)]
——, *pr.pt.* a' feamnadh, *v.a.* Manure with seaweed. 2 (DMC) Carrying the seaweed from the shore to the land. A' feamnadh an fhearainn, *manuring the land.*
——-bhalgainn,§ *s.f.* Knotted seaweed, bladder-wrack—*fucus nodosus.*

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

feamainn-bhuidhe,§ see feamainn-bhalgainn. 2 Applied to all olive-coloured kinds of seaweed.
·———— -bhuilgeanach, see feamainn-bhalgainn.
·———— -cheilp,(AH) *s.f.* see f— -bhuidhe.
·———— -chìr, see feamainn-chirean.
·———— -chireag, see feamainn-chirean.
·———— -chirean, *s.f.* Channelled fucus—*fucus canaliculatus.* The short crisp seaweed near high-water mark.
·———— -chireineach, see feamainn-chirean.
feamainn-chura, *s.f.* Seaweed cast ashore when ripe, ripe seaweed.
·———— -dearg, *s.f.* All the red kinds of seaweed.
·———— -dubh,§ *s.f.* Serrated seaweed—*fucus serratus.* 2 All the dark green kinds of seaweed.
·———— -phuil, *s.f.* Decomposed seaweed, used to manure the ground after it had become rotten.
·————each, -eiche, *a.* Abounding in seaweed. 2 Like seaweed.
feaman, -ain, -an, *s.m.* Tail, rump.¶
··———ach,** *a.* Tailed. 2 Having a long tail. 3 Having a large rump.
··———ach,** -aich, *s.f.* Quantity of sea-ware sea-ore or dulse. 2**Hind.
feamnach, *gen.sing.* of feamainn.
feamnadh, -aidh, *s. m.* Driving of sea-weed from the shore. 2 Manuring with seaweed. 3‡‡Disarranging.
feamrach, *Arran* for feamainn.
feamuinn, see feamainn.
fean, see feun.
feannach,** *a.* Rough, hairy, as a quadruped.
feanachas,** -ais, *s.m.* Genealogy.
feanadh, see feun.
feann, *a.* Shortening or growing less by degrees. Mar chlocich a' ruith le gleannan tha feasgar f. foghair, *like a stone running down glen is the shortening autumn evening.*
feann, *pr.pt.* a' feannadh, *v.a.* see fionn.
feannad, *s.m.* The surface "peat," as opposed to "dubh-fhad," the second or lowest "peat," So called from fionn,*white,* now obsolete here, it not being so black as the under peat from the presence in it of grass roots—*Suth'd.* 2 (DMC) The turf covering the peat.
feannadh, -aidh, *s. m. & pr. pt.* of feann, see fionnadh.
feannag, -aige, -an, *s.f.* ¶Carrion-crow—*corvus corone.* 2** Rook. 3 Rig, a ridge of ground generally used for growing potatoes, and sometimes also for raising corn, the seed being laid on the surface and covered with earth dug out of trenches along both sides. The term "lazy-bed" applied to it in English is merely a southern odium on the system of farming in Gaeldom, where soil was scarce, and where bog-land could not be cultivated in any other way. Gheibheadh tu na feannagan-firich, *you would find the forest crows*—said to persons who boast of doing impracticable things; ars' an seòladair anns a' chrannaig—"tha e ro mhòr do fheannaig, agus ro bheag do fhearainn," *quoth the sailor in the cross-trees*—"*it is too much for a rig and too little for a lot.*" This sentence is translated in Campbell's *West Highland Tales* "it is too big for a crow, and too little for land." A.F. gives a modern application of this saying from personal experience, which makes the meaning clearer, and as he narrowly escaped with his life on the occasion, the words and their application are indelibly fixed in his memory. When out fishing in the Sound of Sleat, in his youth, and overtaken by a storm, an old fisherman who was at the helm told the boys who were rowing to keep a sharp look-out for land, as the evening twilight was fast failing. One of the latter suddenly cried out "Chì mi feannagan A Néill! tha sinn faisg air a' Chill bhig." After taking a deliberate survey (no easy matter in the circumstances), N. replied "Cha'n 'eil fhios am an e, 'illean, tha e ro'mhór de dh' fheannag agus ro bheag do dh' fhearran, ach dh' fhaodadh gur e an t-eilean mór a th' ann," (I don't know, boys, it seems too big for a rig and too small for the land, but perhaps it's the large island)—which it was.



305. Feannag. *306. Feannag-ghlas.*

feannag,** *s.f.* Whiting.
feannagach, -aiche, *a.* Of, or pertaining to carrion crows"; or 2 Rigs.
feannag-fhireach,(AF) *s.f.* Forest-crow.
feannag-ghlas,¶ *s.f.* Hoodie—*corvus cornix.* 2** Carrion crow.
feannag-uisge,¶ *s.f.* see gobha-uisge.
feannaidh, *fut. aff. a.* of feann. see fionnaidh.
feannan *a.* see feann.
feannar, *v. & a.* see fionnar.
———achd,* *Cantyre* for fionnarachd.
———aich, see fionnaraich.
feanndag, -aige, -an, *s.f.* see deanntag.
———ach, -aiche, *a.* see deanntagach.
———— -Ghreugach, see deanntag-Ghreugach.
feannsair,** *s.m.* Gaelic spelling of *fencer.* 2 (DC) Bullying fellow.
———eachd,** *s. f. ind.* Fencing, sword-playing.
feanntach,(DU) *s.m.* Turf taken off peat-bog before commencing to cut peats.
fè'ar, -aire, *a.* see fèathail.
fèar, *s.m.* see feur.
†fear, *a.* see feàrr.
fear, *s.m.* Man. 2 Husband. 3 Any object or person of the masculine gender. 4 Male.

Thus declined:

Indefinite.

N.	*Sing.*	fear,	*Plur.*	fir,
G.		fir,		fhear,
D.		fear,		fearaibh,
V.		fhir!		fheara!

Definite.

N.	*Sing.*	am fear,	*Plur.*	na fir,
G.		an fhir,		nam fear,
D.		(do) 'n fhear,		(do) na fearaibh,

[Firibh, given by ** as *dat. pl.* is wrong.]

Cath an fhir mhóir, *the hero's battle;* fear dhiubh, *one of them*; an torc a lot t' fhear, *the boar that wounded thy husband;* am Fear Math, *God—Arran*; am fear dona, *the devil—Arran;* am f. mór, *the devil—Argyll, Skye, Uist;* mac an fhir mhóir, *a son of the devil;* an fear mór port no port a gheibh sibh bhuam an

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

nochd, *de'il a tune will you get from me to-night;* am fear ud, *the devil—Uist;* am fear ud troidh *de'il a foot.* [Generally used to signify *a single* or *individual man*, in contradistinction to duine, which means *a human being.* Tha aon dhiubh seo aig gach fear, *every man (but not woman) has one of these;* tha aon aig gach duine, *every man (and woman) has one.*

Compound words beginning with fear, form their plural with *fir* when men only are intended, but with *luchd* when women as well as men may be included, as, fear-ciùil, *pl.* luchd-ciùil, *musicians.*

f.-ain-cheairt, *a buffoon, puppet.*
f.-ainneirt, *a tyrant.*
f.-airm, *a soldier.*
f.-aiseig, *a ferryman.*
f.-ambairc, fir-a—, *an overseer. 2 scout.*
f.-an-taighe, *the "goodman" of the house.*
f.-astair,** *a traveller, pedestrian.*
f.-baile, *a farm-tenant.* f. a'-bhaile, *the farm-tenant. 2 tacksman, one allowed to sub-let his land.*
f.-bainnse, *a bridegroom;* f. na bainnse, *the bridegroom.*
f.-ballain, *a cupper.*
f.-bàta, *a boatman.*
f.-bogha,* *an archer.*
f.-brataich, *an ensign (officer's rank.) 2 a standard-bearer.*
f.-brath, *a spy, traitor.*
f.-brionsgail, *a dreamer.*
f.-brosgail, *a flatterer.*
f.-buitseachd, *a wizard, sorcerer.*
f.-caidridh, *an accompanier.*
f.-cartach, *a carter.*
f.-casaid, *an accuser.*
f.-casaidh, *an assailant.*
f.-cèaird, *a tradesman, mechanic, artificer, travelling tinsmith.*
f.-cheistean, *a catechist.*
f.-cinnidh, *a kinsman, clansman.*
f.-chrìochnachaidh, *a finisher.*
f.-chur, *a champion.*
f.-ciùil, *a musician.*
f.-ciùird, see f.-cèaird.
f.-cluig, *a bell-man.*
f.-cobhair, *a helper.*
f.-cogaidh, *a soldier.*
f.-coghnaidh, see f.-còmhnaidh.
f.-coimhid, *a watchman, scout, overseer.*
f.-còmhnaidh, *a contributor, helper. 2 dweller.*
f.-comaraidh, *a patron.*
f.-comuinn, fir-chomuinn, *an associate.*
f.-connspaid, *a wrangler.*
f.-cosnaidh, *a worker, working man, bread-winner for a family.*
f.-cuairt, fir-chuairt, *a sojourner, visitor, tourist.*
f.-cuideachaidh, *a helper.*
f.-cuideachd, fir-ch—, *a buffoon; droll, jovial companion, bottle companion.*
f.-cuidich, *a helper, assistant.*
f.-cuir, *a sower.*
f.-cuiridh, *an inviter.*
f.-cùirn, *an outlaw. 2 absconder.*
f.-cùl-chàinidh, *a slanderer.*
f.-cumaidh, *an artificer, former, framer.*
f.-cumail suas, *a sustainer.*
f.-cunntais, *an accountant.*
f.-dàin *or* f.-dàna, *pl.* fir-dhàin *or* fir-dhàna, *a poet.*
f.-dàna *an adventurer.*
f.-deasboireachd, *a debater.*
f.-deilbhe, *an artificer, artist.*
f.-dìona, *a defendant.*
f.-droch-bheairt, *an evil doer.*
f.-duan, see under f.-fuinn.
f.-eadhlain, *an artisan.*
f.-eadraiginn, *a reconciler.*
f.-faire, fir-fhaire, *a watchman, sentinel, sentry.* F.-faire na h-aon sùla, *the one-eyed watcher*—a legendary character.
f.-farcluaise, *an eavesdropper.*
f.-fàsaich, *an ascetic.*
f.-fasgnaidh, *a fanner.*
f.-feachd, *a soldier.*
f.-fearainn, *a landed proprietor.*
f.-fiacha, *a creditor.*
-————as, -ais, *s.m.* Slovenliness, sluttishness.
-————— -Spàinndeach, *s.m.* see giomach-uisge.
gliong, -a, -an, *s. m.* Ringing noise, clash of metals, jingle, clink, clang, clangour.
————, *pr.pt.* a' gliongadh, *v.n.* Tinkle, ring as metal, clang.
————ach, -aiche, *a.* Tinkling, jingling, clinking, ringing, clanging.
————adaich,(DU) *s.f.* Clinking, clanging.
————adh, -aidh, *s. m.* Tinkling, act of tinkling, clinking or rattling. A' g—, *pr. pt.* of gliong.
gliongag, -aig, -an, *s.f.* Slight degree of drunkenness.
gliongair,** *v.n.* Tinkle, ring.
————, -ean, *s.m.* Empty prattler, trifling, prating fellow. 2††Tinkling noise.
gliongan, -ain, *s.m.* Tinkle, tinkling or jingling noise. 2 (MS) Click. 3 Anything that produces a tinkling sound. 4 Cymbal.
-————aich, *s.f.* see gliongan.
gliongar, -air, -an, *s.m.* Tinkling ringing noise. 2**Slowness.
————ach,** *a.* Making a tinkling noise, ringing.
————aich,** *s. f.* Continued jingling noise, tinkle.
————aich,** *v. n.* Clang, make a jingling sound, tinkle. Gh. an claidheamh, *the sword clanged.*
————sach,** *a.* see gliongartach.
————saich, see gliongartaich.
————snach,** -aich, *s m.* Tinkling noise.
gliongartaich, *s. m.* Tinkling noise. 2††Slight inebriety.
gliongnaich,(MS) *v.n.* Ring.
†gliosair,** *s.m.* Prattling fellow, tattler.
————eachd,** *s.f ind.* Prating.
gliosdar, see cliostar.
gliosg, *s.m.* Glance. 2 Twinkling. Am an g., *in a twinkling.*
————artaich, see gliongartaich. 2**Glancing or glittering light. 3** Tremulous motion, dangling.
gliostair, -ean, see cliostar.
†gliphit, *s.* Torment.
gliùc, *s.m.* Blubbering, crying, sobbing. 2* Bumper. 3 Gulp.
————ach, -aiche, *a.* Blubbering. 2 Given to blubbering. 3 (DMC)Having drooping wings.
————aich, see gliùc.
gliugail,** *s.f.* Clucking, as of a hen.
†gliumh. Gaelic spelling of *glue.*
gliusta. see gliustach.
-————ch, *a.* Slow.
-————chd,** *s.f.* Slowness, tediousness.
†glo, *s.m.* Veil, covering, hood.
glòbach,** *a.* Having a head covered with down, as a hen.
glòbag, -aig, *s.f.* Stupid quean.
gloc, *pr. pt.* a' glocail, Swallow greedily. 2 Cackle, as a broody hen. 3 Gulp.
gloc, gloic, *s.m.* Clucking of a hen. 2**Cackle. 3 Noise, loud note. 4**Loud, confident talk. 5**Garrulity. 6**Large wide throat or mouth. 7**Bung of a cask. 8 Gaelic spelling of *clock* (time-piece.) 9††Loud cry. 10 (DU) Guffaw. [** gives *s.f.*]
glocach, -aiche, *a.* Given to cackling. 2**Clucking. 3**Garrulous.
glocadaich, (a' g—) *s.m.* &*pr. pt.* Guffawing.
glocadh, *s.m.* Gulp.
glocail, *s.f.* Clucking, as of a broody hen. 2** Garrulity. 3**Loud prating. 4††Bawling. A' g—, *pr. pt.* gloc.
————,** *a.* Clucking. 2 Garrulous.
glocair, -ean, see glogair.
-————eachd, see glogaireachd.
glocan,* -ain, *s.m.* Bung. 2 Bird cherry, see craobh-fhiodhag. 3**Sling. 4**Fork. 5** Wide throat. 6***dim.* of gloc. 7‡‡Opening or angle where branches meet.
glocar, *a.* Garrulous. 2 Apt to cluck. 3 Apt to talk loudly and confidently.
gloc-gaire,(DMK) *Caithness* for lachan-gaire.
glochar, -air, *s.m.* Wheezing. 2 Difficult respiration, rattling in the throat. 3**Asthma. 4**Snoring.
————naich,** see glochar.
glochdan, -ain, -an, *s.m.* Wide throat.
gloc-nid, *s.m.* Morning dram taken in bed.
glodh,** *s.m.* Slime. Laogh anns na glodhan, said of a calf before being licked by its mother after birth.
-——ach,** -aich, *s. m.* Slimy matter coming from a cow before calving.
glodhraich,(MS) *v.n.* see glomhraich.
glodhar,(MS) *s.m.* see glomhar.
glog, -oig & -a, -an, *s.m.* Soft lump. 2*Sudden hazy calm or sleep. 3 Dozing.
glogach, -aiche, *a.* Soft, blubbery, heavy. 2 Of a dull stupid look. 3 Heavy, unwieldy, lumpy. 4 Pale, cadaverous. 5**Skinny, flabby.
glogach,(WC) *s.m.* Choppy sea.
glogag, -aig, -an, *s.f.* Dull woman. 2 Bubble, small bladder of water.
————ach, -aiche, *a.* Abounding in bubbles. 2 Bearing bubbles. 3††Pertaining to a dull or stupid woman
glogaid,* *s.f.* Lubberly female.
glogaidh-hòmh, *s m.* Term expressive of great contempt, unmanly, sottish, useless fellow. 2 Imbecile.
glogain,* *s.f.* see glogluinn. 2 Sudden hazy kind of calm with occasional soft puffs of wind. 3 Stupor, dozing slumber.
glogair, -ean, *s.m.* Heavy, dull, stupid fellow. 2 Lubberly coward 3** Chattering fellow. 4††Bawling fellow. 5††Sottish man. Cha d' thubhairt "mo thogair" riamh ach an fhior gh., *none ever said "what do I care?" but a real boor*

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

glogaireachd, *s. f. ind.* Dulness, stupidity. 2 Offensive idle talk. 3** Lubberliness. 4** Cowardliness. 5**Gasconading. 6**Chattering. 7 Cackling noise. 8††Sottishness.
glogais, *s.f.* Senseless talk—*Dàin I. Ghobha.*
glogan, -ain, -an, *s. m.* Soft lumpish man. 2 Little soft lump.
glogluinn, *s.f.* The rolling of the sea in a calm. 2**Agitation of a vessel caused by such rolling. 3††Noise of water.
glograich, *s.f.* The collision of soft substances. 2 The noise produced thereby.
glog-shùil, -ùla, -shùilean, *s.f.* Hollow, inanimate eye. 2 Soft eye.
————each, -eiche, *a.* Hollow-eyed. 2‡‡ Full-eyed.
glòic,†† *s.f.* Full or tufted cheek.
gloic, -ean, *s.f.* Idiot. 2 Foolish or senseless woman. 3**Slattern. 4**Stupid quean. Tha thu 'nad sheann gh. le aois, *age has made an old fool of you.*
——each, -eiche, *a.* see gloiceil.
glòiceach,†† *a.* Having full cheeks. 2 Having hanging cheeks, as hens.
gloicealachd, *s.f.* Idiotism, stupidity. 2 Sluttishness. 3**Queanishness.
gloiceil, -e, *a.* Foolish, idiotic, stupid. 2** Sluttish. 3**Queanish. 4†† Having full or tufted cheeks.
gloc-gaire, *s.f.* Horse-laugh, see lachan-gaire.
gloich, see gloic.
gloichd, see gloic.
gloicnid,** *s.f.* see gloc-nid.
gloidhc, see gloic.
gloidhchd, see gloic.
————each, see gloiceil.
————ealachd, see gloicealachd.
————eil, see gloiceil.
gloidhseam,(CR) *s.m.* Fright. 2 Folly —*W. of Ross-shire.* 3 (DU) Rage, frenzy, also pronounced *cleidhseam.*
gloin, see gloine.
gloin,** *v.a.* Glaze. 2 Vitrify.
glòin, *a.* Squint-eyed.
gloin'-amharc, *s.f.* Spy-glass, telescope.
gloine, *s.f.* see glaine.
gloine, (*for* glaine) *comp.* of glan. An t-òr a's g., *the purest gold.*
gloine,-an & -achan, *s. f.* Glass. 2 Drinking glass. 3*Bumper. 4 Window-glass. 5(DMC) The measure of a drinking-glass. Gloin' uinneig, *a pane*, cinnidh uisge 'na gh. cruaidh, *water shall turn into hard glass*; g. nan druidh, *the druids' glass* or *druids' egg*—called in the south of Scotland, *adderstanes*; g. uisge-beath, *a glass of whisky.*

[*Gloine-nan-druidh* was in high esteem among the Druids. It was one of their distinguishing badges, and was accounted to possess the most extraordinary virtues There is a passage in Pliny's Natural History, book xix, minutely describing the nature and properties of this amulet. The following is a translation of it. "There is a sort of egg in great repute among the Gauls, of which the Greek writers have made no mention. A vast number of serpents are twisted together in summer, and coiled up in an artificial knot by their saliva and slime; and this is called *the serpent's egg.* The Druids say that it is tossed in the air with hissings, and must be caught in a cloak before it touches the earth. The person who thus intercepts it, flies on horseback; for the serpents pursue him until prevented by intervening water. This egg, though bound in gold, will swim against the stream. And as the magi are cunning to conceal their frauds, they give out that this egg must be obtained at a certain age of the moon. I have seen that egg as large and round as a common-sized apple, in a chequered cartilaginous cover, and worn by the Druids. It is wonderfully extolled for gaining law-suits, and access to kings. It is a badge which is worn with such ostentation, that I knew a Roman knight, a Vocontian, who was slain by the stupid emperor Claudius, merely because he wore it in his breast when a law-suit was pending." Huddleston's edition of Toland gives some very ingenious conjectures on the subject of this enigmatical Druids' egg. The amulets of glass and stone, which are still preserved and used with implicit faith in many parts of Scottish Gaeldom, and are conveyed, for the cure of diseases to a great distance, seem to have their origin in this bauble of ancient priestcraft.—**]

gloineach, *a.* Glassy, vitreous.
————adh,** -aidh, *s. m.* Glazing. 2 Vitrifying. 3 Vitrification. 4 Paning, as of a window.
gloinead, -eid, *s. m.* Degree of cleanness or cleanliness. A' dol an g., *growing cleaner and cleaner*; is g. e an sgrothadh sin, *it is the cleaner for that scrubbing.*
gloineadair,* -ean, *s.m.* Glazier. 2 Glass-blower.
————eachd,** *s.f.* Glaziery, business of a glazier. 2 Glass-blowing.
gloine-deilbh, *s.f.* Camera.
——— -fhad-sheallaidh,‡‡ *s.f.* Telescope
——— -loisgeach,‡‡ *s.f.* Burning glass.
——— -losgaidh, see gloine-loisgeach.
——— -lughdachaidh,‡‡ *s.f.* Microscope. [So given by H. S. Dict., but the author must have been looking through the wrong end of the microscope when he translated this word !]
——— -mhara,‡‡ *s.f.* Sea-glass.
——— -mheudachaidh,‡‡ *s.f.* Magnifying glass, microscope.
——— -mheudaiche,(MS) *s.f.* Magnifier.
——— -òil,(WC) *s.f.* Drinking-glass or horn.
——— -rionnaig,‡‡ *s.f.* Astronomical glass.
——— -shìde, *s.f.* Barometer.
——— -theas, *s.f.* Thermometer.
gloinich, *pr.pt.* a' gloineachadh, *v.a.* Glaze. 2 Vitrify. 3 Pane, as a window.
————ear, *fut. pass.* of gloinich.
————idh, *fut.aff.a.* of gloinich.
————te, *past pt.* of gloinich. Vitrified. 2 Glazed. 3 Paned.
glòir, *s.f.* Glory. 2 State of bliss. 3**Praise. 4**Honour 5‡‡Tongue, speech. 6‡‡Boasting. 7(DC) Torrent of coarse language—*Skye.* 8 *gen. sing.* of glòr. Treun thar g., *powerful beyond praise.*
—— -bhinn, -e, *a.* Sweetly sounding.
—— -dhiomhain, *s.f* Vain-glory.
gloireachadh, see glòrachadh.
gloiream, -eim, *s.m.* Taunting language. 2†† Pomp, pageantry.
————ach,†† *a.* Taunting. 2 Fond of pomp or pageantry, pompous.
————as, -ais, *s.m.* Stultiloquence.
glòireis, -e, *s.f.* Boasting, prating, vain talk.
————each, -eiche, *a.* Boasting, babbling, prating, verbose.
————eachd,** *s.f.* Boastfulness, verbosity.
glòir-fhionn, -a, *a.* Spotted in the face or forehead. *Scots*, Ringle-eyed, as a horse. 2* Of an ugly drab colour.
glòir-ghleusta, see glòir-fhionn.
glòirich, see glòraich.
————te, see glòraichte.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

glòirionn, see glòir-fhionn.
glòirmeas, see glòramas.
†gloirlionta,** *a.* Crammed, stuffed, choke-full. 2 Thick-set.
glòir-mhiann, -a, *s.m.* Ambition, desire for glory. 2 Pride.
———-——ach, -aiche, *a.* Ambitious, desirous of glory. 2 Proud. 3 Vain-glorious. Fear g., *an ambitious man.*
glòir-mhòir, see glòrmhor.
glòir-réim, *s.m.* Pomp, triumph, pageantry.
———-—each, -eiche, *a.* Pompous.
gloite,** *s.f.* Gluttony.
———ar,** -eir, -an, *s.m.* Glutton.
———arach, *a.* Greedy, gluttonous, voracious. Gu g., *greedily.*
†-——arachd, *s.f.* Gluttony, voraciousness.
glòm,(CR) *s.m.* Abyss, gulf, chasm—*W. of Ross-shire.* Hence Glòmach Falls, Kintail.
glomach, *a.* Nasal. 2 Pronouncing the letter *l* like *gh*, thick of speech, as though the tongue were too big for the mouth.
glòmadh, -aidh, *s. m.* The evening twilight, *Scots*, gloaming.
glòmag, *s.f.* Handful of oatmeal eaten dry—*Caithness, Suth'd & Lewis.* (also gròmag.) 2 (DC) Pool in a stream or river—*Argyll.*
glomaiche,*s.f.ind.* Defect in speech, that makes one pronounce *l* like *gh*.
glomainn, see glòmadh.
glomanaich, see glòmadh.
glomar,** -air, *s.m.* Bridle.
glomhar, -air, -mhraichean, *s.m.* Piece of leather or wood, or sometimes a pine cone, with a sharp peg placed in it point upwards, which used to be placed on the snouts of lambs to keep them from sucking the mother. This was used when it was the custom to milk sheep as well as goats. Thàinig an g. as, *he is ungagged.*
glomharaich, see glomhraich.
glomhas, -ais, -an, *s. m.* Rock-cleft, fissure, chink, chasm. 2 (DC) Wide mouth—*Argyll, & Uist.*
glomhraich, *pr.pt.* a' glomhrachadh. *v.a.* Gag.
glomnaich,* see glòmadh.
glomuin, -e, see glòmadh.
glòn,(DMK) *a.* Cross-eyed. 2 Having much of the white of the eyes visible—*Caithness.*
glonach, *a.* Avaricious.
glonaid,** *s.f.* Multitude, crowd.
glong, -a, -an, *s.m.* Slimy, clammy substance, 2††Spittle. 3 Snot.
———ach, -aiche, *a.* Slimy, clammy.
———aiche, *s.f.ind.* Clamminess, glutinous property, tendency to become clammy.
glongaire,†† -an, *s.m.* Dull, weak fellow.
glonn, -a, -an, *s.m.* Deed of valour, exploit. 2 Fact, deed. 3 Loathing, qualm. 4 Boasting. 5**Calf. Oscar nam mór g., *mighty Oscar.*
glonnach, -aiche, *a.* Having an inexpressive, stupid or swollen face, see glonnmhor.
glonnar, see glonnmhor.
glonngag,(DMy) *s.f.* Sling for throwing stones, made of a piece of leather with string at each end.
glonnmhor, -oire, *a.* Heroic, valiant, performing heroic deeds. 2 Loathing, qualmish. 3 Boasting.
glonnrach,** *a.* Glittering, resplendent.
glonnradh,** -aidh, *s.m.* Fulgency, splendour.
glòr, *s.m.* see glòir. 2‡‡ Speech, language, utterance. 3**Noise. 4**Idle talk. C'àit' am faighear g. dhomh ? *where can I find language ?* Connal bu mhìn g., *C. the mild in speech.*
†glòr, *a.* Clean, neat, trim. 2 Clear.
†glòrach, *a.* Noisy, clamorous. 2 Talkative, garrulous.
glòrachadh, -aidh, *s.m.* Glorifying, act of glorifying.
glòraich, *pr. pt.* a' glòrachadh, *v. a.* Glorify, praise, bless.
———te, *past pt.* of glòraich. Glorified.
glòrais, see glòireis.
-———each, *a.* see glòireiseach.
glòramach,†† *a.* Full of pomp.
———-—d, see glòramas.
glòramas, -ais, *s.m.* Boasting talk, idle talk. 2 ††Pomp, pageantry. 3**Vain boaster. 4**Idle talker.
gloran,(MS) *s.m.* Hopper.
glòrmhor, -oire, *a.* Glorious, illustrious. 2 Excellent. A chumhachd g., *his glorious power.*
glòtair, *s.m.* Glutton.
———-—eachd, *s.f.* Gluttony.
†glotan -ain, *s.m.* Bosom, breast.
gloth, *s.* see glo.
†-——, *a.* Wise, prudent, discreet.
†-——, *s.f.* Veil.
glothag, -aig, see glothagach, *s.*
glothagach, -aich, *s.m.* Frog's spawn.
———————,** *a.* Abounding in, or like frog's spawn.
glothair, see glomhar.
glothraich, *pr. pt.* a' glothrachadh, *v. a.* see glomhraich.
†gluair, *a.* Clear, bright, gleaming. 2 Clean. 3 Splendid.
†———eachd, *s.f.* Clearness, brightness.
gluais, *pr.pt.* a' gluasachd & a' gluasad, *v.a&.n.* Move, go, walk. 2 Advance, proceed, march. 3 Affect, agitate, put in motion. 4 Affect, touch pathetically. 5 Afflict, provoke. 6 Bestir, make a motion, get up.
G. as a seo, *move out of this* ; g. gu blàr, *march to the battle-field ;* gh. o 'n ear a' mhaduinn ghlan, *the radiant morn advanced from the east* ; bha 'n rìgh air a ghluaiseadh, *the king was agitated ;* gh. iad chun a' bhaile, *they proceeded towards the town ;* an ni nach cluinn cluas, cha ghluais e cridhe, *what does not reach the ear cannot affect the heart ;* gh. e an t-uisge, *he agitated the water ;* 'sa mhaduinn 'nuair a ghluaiseadh Di-màirt, *in the morning when Tuesday was ushered in ;* o 'n cheud là a gh. i air tùs air thalamh, *since the first day she ever appeared on life's scene ;* na glinn 's an do gh. mo shinnsir, *the glens in which my ancestors flourished.*
gluais, *s.f.* Device, invention. 2 Gloss, interpretation.
gluaisdeach, *a.* Moving, stirring, agitating. 2 Causing motion. 3 Affecting, pathetic.
gluaise, *s.f.* Neatness, trimness. 2 Cleanness.
———adair,†† *s.m.* Mover.
———adh, see gluasad.
———ar, *fut.pass.* of gluais.
———ar, -eir, *s.m.* Mover. 2 Agitator.
gluais-fhear, see gluaisear.
gluaisidh, *fut. aff. a.* of gluais.
gluaisneach,(MS) *a.* Active. 2 Busy.
gluaiste, *past pt.* of gluais. Moved, stirred, affected, agitated.
gluarach,** *a.* Pure. 2 Glorious. 3 Vociferous.
gluasachd, -an, *s.f.* see gluasad. 2 *pr. pt.* of gluais.
gluasad, -aid, -an, *s. m.* Moving, movement, motion. 2 Act of motion. 3* Agitation. 4 Conduct, behaviour. 5 Gesture. 6 Gait, carriage. 7**Provoking. 8 Pathos. Gun gh., *without motion ;* gun gh. a nunn no a nall, *without moving hither or thither ;* 'nad gh., *in your behaviour ;* tha g. mnà-uaisle aice, *she has a lady's gait ;* a' g. a bhilean,

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

moving his lips. A' g—, *pr. pt.* of gluais.
gluasadach, -aiche, *a.* Moving, locomotive, capable of motion. 2 Moving, unsteady. 3 Affecting, moving, disquieting, agitative.
gluasadair,** *s.m.* Agitator. 2 Motor.
gluasadh, -aidh, *s. m.* Moving, motion. 2 Agitation. 3 Gait.
gluasag, -aig, *s. f.* Water-wagtail (bird.) 2 Restless girl.
gluasair,** *s.m.* Interpreter.
gluas-rud,** *s.m* Projectile.
gluc, -uic, -an, *s.f.* The socket of the eye. 2 (DMC) Clucking of a broody hen.
glucaid,** *s.f.* Bumper.
glug, -uig, -an, *s.m.* Noise of a fluid confined in a vessel when agitated, or escaping from a narrow aperture 2 Gulp, noise of liquid in the act of being swallowed or gulped. 3* Rumbling stutter or stammer. 4 (DU) Clucking of a hen. Cearc air gh., *a clucking hen;* cha robh coille riamh gun chrionaich, no linn gun ubh-gluig, *never was wood without dry brushwood, nor brood without addled egg.*
glug,** *v.a.* Swallow with a gulping noise. 2 Gulp. 3 Gurgle. 4* Stammer, Gh. e air a h-uile deur dheth, *he gulped down every drop of it.*
glugach, -aiche, *a.* Making a noise as of fluid when moved in a close vessel not quite full. 2 Stammering. 3 Speaking thickly and imperfectly. 4 Clucking. 5**Lisping. 6 Gurgling. 7(MS) Dull. 8(MS) Pot-bellied.
————, -aiche, *s.f.* Stammering female. 2* Rumbling noise. 3* Stammer.
glugaiche, *s.f.* Same meanings as glugaireachd.
————, *comp.* of glugach. More or most imperfect in speech.
glugail,** *s.f.* Gurgling. 2 Swallowing with a gurgling noise.
glugair, -e, -ean, *s. m.* Stammerer, one who speaks imperfectly. 2 One who talks nonsense, prater. 3 Soft, cowardly fellow. 4* Rumbler.
glugair,** *v.a.* Gargle.
————eachd, *s. f. ind.* Stammering, lisping. speaking inarticulately. 2 Foolish, incoherent talk. 3 Cowardice.
glugairneach,(MS) *a.* Pot-bellied.
glugalaich, see glugaich.
glugaman, (DMC) *s.m.* Unstable condition. Air gu., *in an unstable condition.*
————aich,(DMC) *pr.pt.*a' glugamanachadh, *v.a.* Rock, shake.
glugan, -ain, -an, *s.m. dim.* Faint noise of a fluid confined in a vessel. 2** Gurgling noise of water against the side of a vessel. 3 Rumbling in the intestines. 4 Rolling motion, as of a ship at sea. 5 The uvula. 6 Gurgling noise.
————ach, -aiche, *a.* Rolling, as a ship, unsteady, tottering. 2**Gurgling.
————adh,(DU) *s.m.* Process of making butter from a small quantity of cream by putting it in a bottle and shaking it till the butter forms.
————aich, *pr. pt.* a' gluganaich & a' glugannachadh, *v.a.* Make butter by shaking cream in a bottle.
gluganaich, *s.f.* (MS) Gurgle. A' g—, *pr.pt.* of gluganaich.
glugaran,** *s.m.* Gargle.
glugraich, *s.f.* Rumbling. 2 Superabundance of fluid.
glùig, -e, -ean, see gloic.
gluig, *a.* Addled, as an egg. 2**Unsound, rotten.
glùine, *gen. sing.* of glùn.
glùin, *n.pl.* of glùn.
glùineach, -eiche, *a.* Having large knees. 2 Abounding in joints, as certain kinds of plants. 3 In-kneed, knock-kneed. 4 (DMy) Weak-kneed.
glùineach,‖ -eich, *s.f.* Morbus genuum [preceded by the art. *a' gh—.*]
glùineach,‡‡ -ich, *s.f.* Milkwort. 2 In-kneed female. 3 Large-kneed female.
————, -ich, *s.m.* Any illness causing weakness of the joints or knees. 2 Name given to the potato at its first introduction, from its supposed tendency to weaken and cause debility of the body
————-an-uisge,§ *s.f.* Amphibious persicaria—*polygonun amphibium.*
————-bheag,§ *s.f.* Knot-grass—*polygonum aviculare.*



378. Glùineach bheag.

————-dhearg,§ *s.f.* Amphibious persicaria see glùineach-an-uisge. McL & D. gives "knot-grass."

379. Glùineach dhubh.

————-dhubh,§ *s. f.* Climbing persicaria, black bindweed climbing buckwheat—*polygonum convolvulus.*
————-mhór,§ *s.f.* Spotted persicaria—*polygonum persicaria.*
————-theth,§ *s. f.* Water-pepper, water knot-grass, lake-weed, see lus-an-fhogair.
glùineag, -eig, -an, *s.f.* Blow with the knee in fighting or wrestling.
glùinean, -ein, -an, *s.m.* Garter, hose-tie on the leg, coarse garter.
————-ach, -aiche, *a.* Gartered, wearing gar-

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

ters.
glùineas, -eis, *s.m.* Gout in the knee.
glùineineach, -eiche, see glùineanach.
†gluing,** *s.f.* Shoulder.
glùintean, *n.pl.* of glùn.
glùintibh, *dat.pl.* of glùn. Air do gh., *on thy knees.*
gluis, *s.f.* Slush. 2 Liquid food. —*Arran.*
†gluis-gheugach, -aiche, *a.* Full of green boughs.
glum,* *s.f.* see glàm. 2(MMcD) Deep pool.
glumach,(DU) *a.* Dark, dull, cloudy.
glumadh,†† -aidh, *s.m.* Big mouthful of liquid. 2 Plunge. G. na fuaradh, *a lurch to the weather side*—when a boat is too heavily ballasted on the weather side in a rough sea.
glumag,(WC) *Poolewe* for glumadh 1.
glumag, -aig, -an, *s.f.* Puddle. 2 Deep pool, deep pit full of water, usually applied to a pool in running water. 3 Deep hole.
———ach, -aiche, *a.* Of, or relating to, pools of water. 2 Abounding in such pools. 3 Full of deep holes.
glumagan, -ain, -an, *s.m.dim.* of glumag. Little pool. 2 Deep pool. 3 Deep hole.
glumaid,(DMy) *s. f.* Deep pool in a river or burn—*Lewis.*
glumraidh, *s.f.* Hungriness, voraciousness.
———, *a.* Devouring, engulphing. 2 Applied to the sea when it is bulging heavily in rolling waves.
glùn, -ùin & -ùine, *pl.* glùinean & glùintean, *s.m.* [*s. f.* in *Badenoch.*] Knee. 2 Joint. 3 Generation, race, 4**Step, degree, in a pedigree. 5 Descendant. 6 Joint in reeds. 7 (AH)Beam-knee in boat, see under bàta, p 76. Bean-ghlùin, *a midwife ;* an t-aon nach teagaisgear ris a' ghlùn, cha'n fhoghlumar ris an uilinn, *the child that is not taught at the knee, cannot be taught at the elbow ;* sios air do ghlùinibh ! *on the knee ! ;* aon gh., *first cousin;* dà gh., *second cousin ;* lùbadh gach g., *let every knee bow.*
glùnach, see glùineach.
———an,†† -ain, *s.m.* Knee-cap.
glùnan,** -ain, *s.m.* Little knee. 2 Garter.
glùn-bhleathach, -aiche, see glùn-bhleitheach.
glùn-bhleitheach, -aiche, *a.* In-kneed.
glùn-bhrat, *s.m.* Bass.
†glùndas, *a.* Knock-kneed, bandy-legged.
glùn-dos, *a.* glùn-dosach.
———ach, *a.* Bandy-legged.
glung,(CR) *s.m.* Hollow sound as from an empty vessel—*W. of Ross-shire.* 2(MM) The noise a bottle makes when being emptied.
glungan,** -ain, *s.m.* Clink.
glùn-ghinealaich, -tean-, *s.m.* Pedigree.
giùn-lùb,** *v.n.* Kneel. 2 Curtsy as a female.
———ach,** *a.* Kneeling. 2 Genuflecting. 3 Curtsying.
———adh, *s. m.* Genuflexion, kneeling. 2 Curtsy.
glupad,(AC) *s.m.*Dropsy in the throat, affecting cattle and sheep, due to decay in the liver and kidneys. see clupaid.
†glus, -uis, *s.m.* Light, brightness.
glusar,** *a.* Bright, glossy.
glut, -a, *s.m.* Voracity, gluttony. 2*Gulp, glut. 3 (DU) Greed.
glut, *pr.pt.* a' glutadh, *v.a.* Glut, devour, gormandize. 2†† Drink with noise or greedily, gulp.
gluta,(DMy) *s.* Deep round pool—*Lewis.*
glutach, -aiche, *a.* Gluttonous, edacious. 2 (DU) Greedy.
glutadh, -aidh, *s.m.* Glutting, act of glutting. 2 Eating to excess. 3 Gulping food voraciously. 4††Drinking with a noise. A' g—, *pr. pt.* of glut.
———, *Barra* for glut-lìonadh.
glutaich, *v.n.* Gormandize, glut, devour.
glutail, *a.* Intemperate.
glutair, -ean, *s.m.* Glutton. 2 One greedy of gain.
———eachd, *s.f.ind.* Gluttony, avarice, greed.
glutan,(DU) *s.m.* Deep narrow valley, gully.
glut-lìon,(DC)*pr.pt.*a' glut-lìonadh & a' glutadh, *v.a.* Pack inside of a wall with gravel—*Uist.*
———adh,(DC) *s.m.* Packing of gravel, put in the middle of house-walls to fill up the space between them.—*Uist.* These walls are dry-built and hollow, and from 6 ft. to 10 ft. in thickness. A' g—, *pr.pt.* of glut-lìon.
gnà, see gnàth.
gnàbh-lus, -uis, *s.m.* Cudweed, see lus-a'-chait.
gnà-bhogha,‡‡ -achan, *s.m.* Arcade.
gnàda, -àide, see gràndа.
gnadan,(CR) *s.m.* Murmuring, complaining—*Arran.*
gnàdran, -ain, see gràdran.
gnàdranach, see gràdranach.
———adh, see gràdranachadh.
gnàdranaich, see gràdranaich.
†gnae,‡‡ *s.f.* Woman.
gnag, *pr.pt.*a' gnagail, *v.n.* Make a small crackling noise.
gnagail,‡‡ *s.m.* Crackling. A' g—, *pr.pt.*of gnag.
gnàidead, -id, see gràindead.
†gnais, *s.f.* Pars nefanda mulieris.
gnàithseach,‡ -aich, *s. m.* Arable land under crop- 2 (DC) Cultivator of the soil, farmer. Ceum a' ghnàithsich, *the ploughman's step*—heavy and solid.
gnàithsear,* *s.m.* Husbandman. 2 Countryman.
gnamhan, -ain, -an, *s.m.* Periwinkle, sea-snail.
gnamhanach, *a.* Abounding in periwinkles.
†gnamhuil, -e, *a.* Peculiar, proper.
gna-mhuinntir, *s.pl.* see gnàth-mhuinntir.
†gnaoi, *a.* Pleasant, courteous. 2 Gentle. 3 Respectable. 4 Ingenious.
†gnaoi, *s.f.* Countenance. 2 Grin. (see gnùis.)
†gnaoi-fhiosachd, *s.f.* Physiognomy.
†gnaoi-fhiosaich, -ean, *s.m.* Physiognomist.
gnàs, -àis, *s.f.* see gnàths.
gnàth,-a, -than & -annan, *s.m.* Manner, fashion, custom, usage. †2 Stature. †3 Lowing of cows. †4 Bleating of sheep. †5 Soothing voice. 6**Experience. Mar bu gh. leis, *as his custom was ;* talla do 'n g. na cuirm, *halls where feasting (hospitality) was the fashion ;* eòlach air gach g., *acquainted with every custom ;* a gh., do gh., *continually, usually ;* a réir an g., *according to their manner.*
gnàth, -a, *a.* Usual, common. G. obair, *constant work ;* g. chleachdainn, *habitual practice ;* a' gh. Fhéinn, *the standing army of the Féinne.*
gnàth, (i.e. do ghnàth, a ghnàth) *adv.* Always.
———ach, -aiche, *a.* Customary, ordinary, common. 2 Continual, constant, habitual. 3** Active. 4 Industrious.
———achadh, -aidh, *s. m.* Practising, act or habit of doing a thing. 2 Practice, custom, manner. 3 Behaviour. 4**Way, course. 5 (MS) Management. A réir gnàthachadh an t-saoghail, *according to the ways of the world;* do dhroch gh., *your bad behaviour.* A' g—, *pr. pt.* of gnàthaich.
gnàthachas, -ais, *s.m.* Invariableness.
gnàthachd, *s.f.ind.* Customariness.
gnàthaich, *pr. pt.* a' gnàthachadh, *v. a. & n.* Accustom, use, inure, exercise, practise. 2 Behave. G. thu fhéin gu ceart, *behave yourself properly ;* a' gnàthachadh tombaca, *using tobacco ;* is dona a gh. e i, *he behaved very badly to her.*

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

gnàthaichear, *fut.pass.* of gnàthaich.
————eàr, -eir, *s.m.* Practitioner.
————te, *a. & pr. pt.* of gnàthaich. Used, exercised, practised. 2 Common, usual, accustomed.
gnàthail, *a.* Usual, customary. 2 Peculiar, proper.
gnàth-ainm, *s.* Usual or common name.
gnàthalachd,(DMC) *s.f.* Naturalness.
gnàthanna *n. pl.* of gnàth.
gnathas, -ais, see gnàths.
gnàth-bheurla, *s.f.* Vernacular tongue.
gnàth-chainnt, *s.f.* Phraseology. 2**Vernacular.
————————each, -eiche, *a.* Idiomatical.
gnàth-chuimhne, *s. f.* Tradition. 2 Constant remembrance.
gnàth-eòlach, *a.* Experienced.
gnàth-eòlas, -ais, *s. f.* Experience, knowledge got by experience.
gnàth-fhacal, -ail & -clan, *s.m.* Proverb, phrase, by-word. Bithidh e 'na gh., *he shall be a by-word.*
gnàth-fhaclach, *a.* Proverbial.
gnàth-fhiabhras, -ais, -an, *s.m.* Unremitting fever, constant fever.
gnàth-fhuaim, *s.f.* Continued noise, constant clack, din.
————————neach, *a.* Making a continued noise.
gnàth-ghlas, *a.* Evergreen.
gnàth-leughach, -aiche. *a.* Bookish.
gnàth-mhaireannach, -aiche, *a.* Perpetual,everlasting.
gnàth-mhuinntir, *s.pl.* Natives.
gnàth-oidhirpeach, -eiche, *a.* Indefatigable.
gnàths, -ais, *s.m.* Custom, practice, habit, bent. 2 (DMC) Nature. Cha'n 'eil sin 'na gh., *that is not in his nature.*
gnàth-shàrachail, -e, *a.* Importune.
gnàthta,* *a.* Arable. Talamh g., *arable land.*
gnàth-urnuigh, *s.f.* Frequent prayer.
gnè, *s.f.ind.* Kind, sort, species, nature,quality. 2 Natural temper or disposition. 3 Countenance. 4 Form. 5 Appearance, outward sensible sign, complexion. 6* Slight degree of the nature of anything. 7 Tinge. 8 Tincture. 9**Manner. Is don' a' ghnè a th' air, *what a bad expression of countenance he has!;* ainnir a bu mhìne gnè, *a virgin of the mildest expression* [** translates this " *of the softest temper* "]; g. chreadha, *a slight degree of clay, clayish (as soil);* g. deirge, *a tincture* or *tinge of red;* gach creutair a réir a ghnè, *every beast after its kind.*
gneag,‡‡ -a, -an, *s.m.* Knock.
gnèathail, see gnèidheil.
gnèidheach, -eiche, see gnèidheil.
gnèidhealachd, *s.f.ind.* Kindness, tenderness, good nature, generosity. 2 Mannerliness. 3 Shapeliness. 4 Inateness.
gnèidheil, -eile, *a.* Genial, generous, tender, kind. 2 Shapely, well-proportioned, urbane. 3 Mannerly. 4 (DU) Endowed with natural affection. Gu g., *good-naturedly.*
gnèith, see gnè.
gnèitheach,(MS) *a.* Inate, see gnèidheil.
gnèitheachas, -ais, *s.m.* Inateness, see gnèidhealachd.
gnèithealachd, *s.f.* Inateness, see gnèidhealachd.
gnèitheil, see gnèidheil.
gnèithich,(MS) *v.a.* Assimilate.
gnè-mhill,** *v.a.* Disfigure, deform.
gnèth, see gnè.
gnèthealachd, see gnèidhealachd.
gneutail, *s.m.* see gneutair.
gneutair,(DMu) *s.m.* Native race—*Suth'd.* Am bheil e dhe gneutair an àite? *does he belong to the native race of the place?*
†gnia, *s.* Voice. 2 Knowledge. 3 Tree. 4 Judge. 5 Knowing person. 6 Servant.
gniamh, see gnìomh.
†gnie, *s.f.* Knowledge.
gniobunn,(MMcD) *s.m.* Rock-fish.
gniomh, *pl.* -a, -mhtharra, -an, -annan & -mharan, *s.m.* Deed, action. 2 Office. 3 The 7th. sheaf as payment to the hinds that work the farm of tenants or landlords. 4 The building of a peat-stack or of hewn stones. [In *Gairloch*, applied to a temporary peat-stack, where the peats are built up to dry before being built into the permanent stack. The word is also applied to corn similarly dealt with. The meaning appears to be a " show " rather than reality.—DU.] 5 Exploit. 6††Business, avocation, work. 7††Word. 8**rarely* Fear. 9 **Parcel of land. †10 The 12th. part of a ploughland. G. mnà-glùine, *the office of a midwife;* chronaich mi an g., *I blamed the deed;* droch gh., *a bad deed;* g. duine, *the work* or *office of any man;* cuir an g., *perform, operate;* g. a làimhe, *his handiwork;* macgnìomharan Fhinn, *the exploits of Fionn's boyhood.*
gnìomh,* *v.a.* Build or pile, as a peat-stack.
gnìomhach, -aiche, *a.* Active, busy. 2 Diligent, industrious. 3 Actual. 4 Laborious. 5 Operative. 6†† Thrifty. 7 * Making great or good deeds. An seillean g., *the busy bee.*
————————adh, -aidh, *s. m.* Performing, performance, execution, agency. 2(DMC) Outside building of a peat-stack. A' g—, *pr. pt.* of gnìomhaich.
————————ail,‡‡ -e, *a.* Busy, active.
gnìomhachas, -ais, *s,m.* Activity. 2 Agency. 3 Industry, doings, business, work, performance. 4* Office of an overseer.
gnìomhachd, *s.f.* Efficiency. 2 Activity. 3 Industriousness.
gnìomhaich, *pr.pt.* a' gnìomhachadh, *v. a.* Act, perform, effect, operate, work. Ormsa gh. e beud, *to me he has wrought harm.*
————————e, -an, *s. m.* Agent, actor, performer of an action, doer.
gnìomhail, -e, *a.* Actual, active.
gnìomhair, -ean, *s.m.* Actor, agent.
gnìomhar, -air, -an, *s.m.* Verb in *grammar.*
————————ach, *a.* Active, actual.
————————aich,‡‡ *v.a.* Officiate.
————————aiche, *s.m.* Operator.
————————an, *n.pl.* of gnìomh.
gnìomharra, *n.pl.* of gnìomh.
————————, *a.* see gnìomhach.
gnìomharrach, -aiche, see gnìomhach.
gnìomharran, *n.pl.* of gnìomh.
gnìomh-chomasach, -aiche, *a.* Able to work. 2 Powerful, mighty. 3 Executive.
†gnis, *v.a.* Effect, bring to pass.
†gnithe, *s,pl.* Transactions, business.
†gnò, *s.m.* Jeering, mocking. 2 Sea.
†gno, see gnothach.
gnò, see gnòdh.
gnob, -oib, -an, *s. m.* Bunch. 2 Tumour. 3 Hillock, knoll.
gnobach, -aiche, *a.* Bunchy. 2 Tumorous, covered with little swellings. 3††Knolly.
gnoban, -ain, -an, *s.m., dim.* of gnob. Little hill, knoll or heap. 2 Swelling.
————ach, -aiche, *a.* Abounding in little hills, knolls or heaps.
gnòdh, *a.* Gruff, surly, gloomy, down-looked. 2 Notable, remarkable, famous. 3**Jeering. see gnù. Iomadh bodachan g., *many a gruff little old man;* bu gh. an geamhradh, *gloomy*

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

was the winter
gnòdh, *s.m.* Frowning, stern, fierce look.
gnodhan, -ain, *s. m.* Angry frown 2 Growl, moan. 3 Noise. 4 (DMC) Humming of a song.
gnog, *v.a.* Knock. 2 Knock with the hand or knuckles. 3 *Knock down. 4 *Kill
gnog, -oig, -an, *s.m.* Frown, sullen look. 2 Knock. 3 Knock with the knuckles 4 Sudden shove. 5 Jolt.
gnogach, -aiche, *a.* Pettish, sulky, frowning. 2 Fickle, ready to take offence 3††Shy. 4** Jolting, 5**Knocking Gu g., *sulkily*
gnogadh, -aidh, *s.m* Knocking A' g—, *pr. pt.* of gnog.
gnogag, -aig, -an, *s.f. dim* of gnog. Little pettish female. 2 Little sulky female. 3 Slight knock on the head with the knuckles.
gnogaiseach, -eiche, *a.* Peevish, pettish.
————d, *s.f.ind.* Peevishness, pettishness, sulkiness.
gnoig, *gen.sing.* of gnog.
gnoig, -e, -ean, *s.f.* Surly frown, gloomy sulky look. 2 Surly, old-fashioned face on a young person. 3 Sulks. 4†† Head.
-——each -eiche, *a.* Frowning, sulky, gloomy.
-——eag, -eig, -an, *s. f.* Little sulky frowning woman.
-——ean,(CR) *s.m.* Ball of worsted and tar, put on the points of the horns of vicious cattle—*Skye.*
-——eas, -eis, *s.m.* Sulkiness, pettishness, peevishness, sulks.
-——easach, -aiche, *a.* Sulky, frowning, peevish, as a young person. 2 Grim.
gnoigeis, see gnoigeas.
gnòimh, *s.f.* Visage 2 Grin. 3 Ludicrous name for a person with a grinning countenance 4 (CR) Sulky look—*Perthshire* Chuir e g air, *he made faces.*
gnoin,* *pr.pt.* a' gnoineadh, *v. a.* Shake and scold a person at the same time.
gnois, *gen.sing* of gnos
gnòmh,* *v.a.* Grunt like a pig.
———,‡ *s.m.* Grunt of a pig.
gnomhach, see gnothach.
gnomhan, see gnamhan.
gnòmhan, -ain, -an, *s.m.* Groaning, groan.
——·——ach, -aiche, *a.* Groaning.
gnos, -ois, -an, *s.m* Snout or mouth of a beast, especially a pig. 2 Derisive term for the human mouth. 3**Bill G. tunnaig, *a duck's bill* [this ex is given by **, but is bad Gaelic] ; g. muic, *the snout of a pig.*
gnosach, -aiche, *a* Having a snout. 2 Having a large mouth. 3††Sullen, grumpy surly.
———, -aich, *s.m.* Forward, interfering person.
gnòsad, see gnosd.
gnosad,(MS) *s.m* Hum
gnòsadaich, *s.f.* Querulous low noise or moan made by a cow or ox, approaching to lowing. 2 Roaring, as a bull. 3 Snoring noise.
gnosail, *s.f.* Grunting of a sow
gnosair,** *s.m.* Man with a large mouth. 2 Blubber-lipped man.
———eachd, *s.f.ind.* Muttering. 2 Blubberliness. 3 Mouthing.
gnòsd, *s.f.* Lowing, bellow 2 Snoring noise 3 Deep groan, grunt. 4 Low made by a cow to her calf. 5 The subdued noise a cow utters as her ordinary expression of feeling. 6** Hollow roar of a bull.
gnòsd,** *v.n.* Low, bellow. 2 Groan. 3 Snore. 4* Grunt. 5**Make a hollow roar, as a bull.
gnòsdaich, gnòsdail, } see gnosadaich.
gnothach, -aich, -aichean, *s.m.* Business, avocation. 2 Affair, matter, circumstance. 3 Errand. 4 Call of nature. Ni e 'n g., *it will do*, a gabhail gnothaich ri, *meddling with, being a busybody* ; a' dol air g., *going on an errand*, na biodh gnothach agad ris, *have nothing to do with him* ; tha g. agam riut, *I have some business to transact with you, I have something to say to you* ; dean do gh., *do your business* ; gille-ghnothaich, *an errand-boy* ; a dh' aon gh., *on purpose* ; g. na cubhaige, *a fool's errand* ; là g. na cubhaige, *all fools' day* (*April 1st.*)
gnothaich, *gen. sing.* of gnothach.
————ean, *n.pl.* of gnothach.
gnothuch, see gnothach.
gnothuich, see gnothaich.
gnù, *a.* Famous, remarkable, notable. 2 Worldly, parsimonious. 3 Grippy. 4††Surly, gruff. 5 Envious. Cho g. ri broc, *as surly as a badger.* (see gnòdh.)
†gnuach, *a.* Leaky.
gnùdhachd,(MS) *s.f.* Gruffness.
gnùgach, -aiche, *a.* Surly, sulky, scowling. 2 ††Worldly, parsimonious.
gnùgag, -aig, -an, *s.f.* Dejected, poor female. 2 Sulky female.
gnùgair, -ean, *s.m.* Surly fellow.
gnùig,* *s.f.* Surly lowering expression of countenance, scowl.
gnùigean, -ein, *s.m.* Sorry wretch. 2 Pitiful miser. 3‡‡Miserable hut.
gnùigeineach, -eiche, *a.* Wry-mouthed, sorry, mean. 2 Morose.
gnùis, -e, -ean, *s.f.* Face, countenance. 2 Surface. 3 Love, favour. 4 Aspect. 5**Appearance. Sheall e 'nam gh., *he looked in my face.*
†gnùis, *s.f.* Hazard, jeopardy. 2 Notch.
gnùis-aognachaidh, *s.m.* Ghastliness.
gnùis-bhrat, -ait, -an, *s.m.* Veil for the face.
gnùis-bhreith, *s.f.* Judging by the look.
——·——eamh, -eimh, -nan, *s.m.* Physiognomist.
gnùis-chiontach, *s.f.* Guilty countenance.
gnùiseach, -eiche, *a.* Aspected.
gnuis-fhionn, -a *a.* White-faced.
gnùis-fhiosachd, *s.f.* Physiognomy. Fear g., *a physiognomist.*
gnùis-fhiosaiche, *s.m.* Physiognomist.
gnuis-mhalda, *s. f.* Modest countenance, face expressive of gentleness of disposition.
——·——, *a.* Of a modest appearance. Mo chaileag g,, *my modest faced girl.*
gnùis-mheall, *v.a.* Counterfeit, put on a false appearance, dissemble.
——·——ach, -aiche, *a.* Counterfeiting, apt to deceive by a fair appearance.
——·——adh, -aidh, *s. m.* Counterfeiting, dissimulation. 2**Disguise, mask. Rinn iad g *they dissembled.*
——·——ta, *a.* Counterfeit, fictitious.
——·——tair, -ean, *s.m.* Deceiver, dissembler, counterfeiter
gnùis-naire, *s.f.ind.* Bashfulness, shamefaced-[ness.
gnùis-nàireach, -eiche, *a.* Bashful. Gu g., *bashfully*
gnùis-nàireachd, *s.f.* Bashfulness, shamefacedness, demureness.
gnùis-shubhach, -aiche, *a.* Merry-faced, having a merry countenance.
†gnuumn, *s.m.* Notch, dent. 2 Heap, pile.
†gnuumh, *v.a.* Heap up, pile, amass.
gnùmhail, *s.f.* Grunting, groaning.
gnùmhan, *Gairloch* for gnòmhan.
gnusad
gnusadaich, } see gnòsadaich.
gnusadh,

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

†gnusadh, -aidh, *s.m.* Notch, dent.
gnùsd, see gnòsd.
———adh, see gnosd.
gnùsdaich, gnùsdail, } see gnòsadaich.
gnusgalach, see grùnsgalach.
gnùsgail, see grùnsgal.
gnùsgal, see grùnsgal.
———aich, see grùnsgal.
gnùth, -ùith, -ùithe, & guùtha, *s.f.* see gnòdh.
gnutha,(MS) *a.* Niggardly.
———il, see gnùmhail.
go, see gu.
gò, *s.m.ind.* Lie, deceit, hypocrisy. 2 Fault, blemish, defect. 3 Guile. 4 Grudge. 5** Airy gait. 6 Wisdom. 7**Fraud. Duine gun ghò, *a guileless man*; dà reithe gun ghò, *two rams without blemish.*
gò, *s.m.* †Sea, †2 Spear. 3 Fool.
gŏ, *v. Lochalsh, Suth'd, Torridon & Lewis* for gabh.
gob,** *s.* Babble. 2 Pee of an anchor, see p.77.
gob, guib, *s.m.* Bill or beak of a bird. 2 Mouth. 3 see gab. 4 Garrulity. 5 (DMy) Point. G. an rudha, *the point of the headland*; g. na snàthaid, *the point of the needle*; g. a' phrìne *the pin's point*; g. na cuiteige, *the mouth of the whiting*; duilleag 'na ghob, *a leaf in its bill*; g. circe, *a hen's bill*; glas-ghuib, *the closure.*
gobach, -aiche, *a.* Beaked, snouty, having a long bill. 2 see gabach. 3 (DU) Tell-tale. G. chreanach, *long-billed and crested.*
———, -aiche, *s.f.* Prating female, chatterer, gabbler, scold. 'Nuair a phòs mi a' gh.àrdanach nach obadh cnàmhan rium, *when I married the irritable chatterer, who would not cease from gnawing at me.*
gobach,¶ -aich, *s. m.* Hawfinch—*coccothraustes vulgaris.*
gobachadh,(MS) *s.m.* Growth.



380. Gobach.

gobada-lìridh,(CR) *s.m.* Sandpiper—*W. of Ross.*
gobag, -aig, -an, *s.f.* Dog-fish—*squalus acanthias.* 2(AF) Sea-dog. 3 (AF) Little gab (fish,) 4**Sand-eel. 5 Kiss. 6 Little bill. 7 Garrulous female. 8 Period of the year, lasting according to some, three days, according to others a week, coming in, apparently, between the *Feadag* and the *Gearran* and so ending on 14th. March. Feadagan is Gobagan e tuilleadh gu Féill Pàdruig, *whistling and biting winds on to St. Patrick's day.* Carmichael in *Carmina Gadelica*, explains *A' Ghobag* as the day before an Fhéill Brìghde (p. 276.)
gobag, *s.f.* Staple (DMK)—*W. coast of Ross.* 2 ††Kind of bird. 3 (DU) Little hook, such as is used for keeping a cupboard-door closed.

381. Gobag (1)

gobagach, -aiche, *a*, Abounding in dog-fish. 2 Like a dog-fish. 3 see gabach.
gobaich,‡‡ *v.a.* Peck
gobaiche, *comp.* of gobach.
gobair, -ean, see gabair.
———eachd, see gabaireachd.
gobais, *s.f.* see gabaireachd.
goban,(AF) *s.m.* Young sea-gull or fowl.
goban, -ain & guibein, *pl.* -an, *s.m.dim.* of gob. Little bill or beak. 2 Garrulous mouth. 3 Muffle. 4 External hinderance to speech.
gobanach, -aiche, *a.* Prattling. 2 Having a little bill.
gobanach, -aich, *s.m.* Prattler.
goba-sàil, (AF) *s. m.* Seal, fat sea-lump.
gob-babharrtha,¶ see cam-ghlas.
gob-cabharrta,(AF) *s. m.* Redshank.
gob-cathainn *s.m.* Spoonbill.
gob-cèarr, (AF) *s.m.* Avocet (bird.)
gob-èasgaidh, see gab-èasgaidh.
gobh, see gabh.
gobha, see gobhainn.
gobha-bhreac, (AF) *s.f.* Buck, or buckie-snail (striated.) [Some writers give "gobha breac," *s.m.*]
gobhachan-allt, *s. m.* see gobha-uisge. 2 (AF) Little grebe.
gobhachan-dubh, gobhachan-uisge, } see gobha-uisge.
gobhachan-uisge,¶ see biorra-cruidein.
gobhadh, see gobhainn.
gobha-dubh-a'-mhonaidh, *s.m.* Mountain-ouzel, blackbird.
gobha-dubh-an-uisge, -an-dubha-, *s. m.* Water-ouzel, see gobha-uisge. 2 Balm-cricket.
gobhagan, see gabhagan.
gobhaich, *v.a.* Peck.
gobhainn, *pl.* goibhnean,*s.m* Smith, blacksmith.
gobhainn-chruidhean, *s.m.* Farrier.
gobhainneachd, see goibhneachd.
gobhainnean, *s.m.* Cockchafer.
gobhail, *gen.sing.* of gobhal. 2 *Lewis* for gabhail.
gobhairnear,(MS) *s.m.* Prefect.
gobhal, -ail & goibhle, *pl.* -bhlean, *s.m.* Fork, 2 Prop, post, pillar. 3 House-support. 4 Forked supporter. 5 Fork of a cycle. 6 Any furcated instrument. 7 Bifurcation. 8 The perinæum. 9 Descendant, branch. 10 Yoking. 11 Day's labour. 12* Pair of compasses. 13* Crutch. 14**Forked part of anything. 15 Prong. G. na briogais, *the crutch of the trousers*; g. a' chroinn, *the space between the plough-handles.*
gobhallan, *s.m.* Fool.
gobhal-luachair,§ *s.m.* Bulrush, lake scirpus,see luachair-ghòbhlach.
gobhal-reang, see gobhal-roinn.
gobhal-roinn, -ail-roinne, *s.m.* Compasses, callipers.
gobhann, -ainn, *pl.* goibhean, see gobhainn.
gobhar, *gen.* -air & goibhre, *pl.* -air, *s.f.* Goat. 2 Sort of branching river.—*Perth.* 3 (AF) Shad (fish.) 4 (AF) Mackerel. 5 The sign Capricornus (♑) of the zodiac. 6 (DC) Sheaf of corn—*Skye.* (also gabhar.)
gobharach, *a.* Of, or belonging to, a goat. 2 Skipping.
gobhar-alluidh, *s.m.* Chamois.
gobhar-athair, *s.m.* Snipe—*scolopax gallinago.*
gobhar-bhacach,(AF) *s.f.* Name given in some

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

arts (e. g. *Skye*) to the last handful of corn to be cut.
gobhar-bhreac, *s.f.* Buck-snail.
gobhar-cheann,(AF) *s.m.* Leader of goats.
gobhar-chrò, see gobhar-lann.
gobhar-fhiadh, gobhar-fhiadhaich, *s.f.* gobhar-fhiadhain, } Antelope. 2(AF)Wild or rock goat. 3 *of old* Horse.
gobhar-lann, *s.m.* Goat-pen.
gobhar-mhór, *s.f.* Crawfish, crayfish. 2 Lobster.
gobhar-oidhche,¶ *s.f.* Snipe, see gobhar-athair. 2 Night-jar.
gobharr, *s.m.* Periwig.
gobharrta,(AF) *s.* Redshank.
gobha-uisge,¶ -n-uisge, *s. m.* Dipper, water-ouzel—*cinctus aquaticus*. 2 Kingfisher.



382. Gobha-uisge.

gòbhlach, -aiche, *a.* Forked, pronged. 2 Long-legged. 3 Bow-legged. 4 Straddle, astride. Sporain gh. de dh' òr a' Phrionnsa, *forked purses of the Prince's gold*—a Lochaber saying alluding to the purses in use in 1745 ; clamhan g., *a kite ;* a' marcachd casa-g., *riding astride.*
gobhlachan,¶ -ain, *s. m.* Turnstone, Hebridal sandpiper—*strepsilas interpres.* 2 Dipper, water-ouzel, see gobha-uisge. 3 (AF)Cricket (insect.)



383. Gobhlachan (1.)

gòbhlachan, -ain, -an, *s.m.* Person sitting astride. 2 Crane-fly, daddy long-legs. 3 Earwig. 4 Shad (fish.) 5 Young trout. 6 Stickleback. 7 Large minnow. 8 Mackerel. 9 Parr, samlet. 10 Swallow. 11 Iron joining furrow-board to lefthand board of plough. 12 (DU) Centipede.



384. Gobhlachan (4.)

gobhlachan-gaoithe, -ain, -ain-gaoithe see gobhlan-gaoithe.
gobhlach-innse,(AH) *s.f.* Cow after giving birth to her third calf, and before giving birth to her fourth.
gobhladh, -aidh, see gobhal.
gobhlag, -aig, -an, *s.f., dim.* of gobhal. Dung fork. 2 Graip. 3 Any two-pronged instrument. 4 Any forked piece of timber. 5 *in ridicule*, Bow-legged female. 6(AF) Earwig. 7 Stick with forked end for turning hay. 8 Fork-shaped twig on which to wind a fishing-line.
gobhlag-fheòir,‡‡ *s.f.* Hay-fork.
gobhlaichead, *s m.* Degree of furcation or forkedness. A' dol an g., *growing more and more furcated.*
gobhlaichid, *comp.* of gobhlach. Is g. e am buille sin, *that blow has made it more forked.*
gobhlaisdeach, *adv.* Astride.
gobhlaisdeach, *s.m.* Clipt of a boat, see H1,p.73.
gobhlaisgeach, -aich, *s.m.* Long-legged person.
gobhlan, -ain, -an, *s.m., dim.* of gobhal. Prong. 2 Small fork. 3 Weeding hook. 4 Little branch. 5 Swallow. 6 Earwig. 7 (DC) Estuary of a river or burn, where the stream divides on the shallows near the sea.
gobhlanach, -aiche, *a.* Pronged, forked. 2 Two-headed. 3 Divided. 4 Branching.
gobhlanachd, *s.f. ind.* Bifurcation.
gobhlan-bharta, (AF) *s.m.* Redshank.
gobhlan-dubh,(AF) *s. m.* Great martin, black martin.
gobhlan-gainmhich, -ain-ghainmhich, *s.m.*Sand-martin (species of swallow)—*hirundo riparia.*



385. Gobhlan-gainmhich.

gobhlan-gaoithe,¶ -ain-gh., -an-g., *s. m. & f.* Swallow—*hirundo rustica.* 2 Fork-tailed petrel—*thalassidroma Leachii—Barra.* 3 see gobhlan-taighe.
gobhlan-mara, *s.m.* **Redshank. 2(AF) Fork-tailed petrel.
gobhlan-monaidh,¶ *s.m.* Alpine swift—*cypselus alpinus.*
gobhlan-mór,¶ *s.m.* Swift—*cypselus apus.*

386. Gobhlan mór.

gobhlannaidh,** *s.f.* Hollow between two hills.
gobhlan-nan-creag, ¶ *s. m.* Alpine swift, see gobhlan-monaidh.

387. Gobhlan-taighe.

gobhlan-taighe,¶ *s.m.* Martin—*hirundo urbica.*
gobhlan-uisge,(AF) *s.m.* Little grebe, dabchick.
gobhrach,†† see gabhrach.
gobhrag, see gabhrag.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

gobhragan, see gabhragan.
gobhrag bheag,¶ *s.f.* Jack snipe, see gabhrag bheag.
gobhraidh,(MMcD) *s.pl.* Compasses, callipers—*Lewis.*
gobhran, see gabhran.



388. Gobhrag bheag.

gobhta, see gabhte.
gob-labharta,(AF) *s. m.* Redshank.
gob-labhradh, *s.m.* Redstart (bird.)
goblachan, see gobhlachan.
gobhlachan-uisge, see spag-ri-tòn.

389. Gob-leathann.

gob-leathann, guib-,¶ *s.m.* Spoon-bill—*platalea leacorodia.*



390. Gob-leathann (2.)

gob-leathann,¶ -uib-, (2) *s.m.* Shoveller—*anser clypeata.*
goc, -a, -an & -achan, *s.m.* Pipe or faucet put into a cask to give passage to the liquor. 2 **Stop-cock, tap. 3(DC) Finials on the ridge of a house. 4 (DC) Buds of trees, flowers, &c., before bursting.
goc, *v.* see gogaich.
gocach, -aiche, see gogach.
gocag,(DC) *s.f.* Pert, forward girl.
gòcaman, -ain, *s.m.* Usher, attendant. 2 Warder, domestic sentinel, 3* One on the look-out in a mask, spy, scout. 4 Fool. 5 An officer employed in the Hebrides in the days of Martin, who saw a *gocaman* at the house of MacNeill of Barra. He was stationed at the top of the house, where he watched night and day, and strangers were never allowed to draw near the house until they gave satisfactory answers to his questions concerning the purport of their visit.
gocam-gò,* *s.m.* Spy, scout. 2 Fellow perched on any place. see gòcaman.
gocan, -ain, -an, *s. m.* Little attendant. 2†† Pert, conceited little person. 3 Titlark. 4 see gabhagan. G. na cubhaige. *the cuckoo's attendant.*



391. Gocan.

gocan, *s.m.* Whin-chat—*saxicola rubetra.*
gocan-cònuisg,(AF) *s.m.* Whin-chat.
gocan-cubhaige,(DMC) *s.m.* Titlark, little bird always following the cuckoo.
goc-fola,(WC) *s,m.* Blood spurting out.
gochdan, see gocan.
gochdmunn, -uinn, see gocaman.
goch-ghèadh, see gob-ghèadh.
god,* *v.a.* see gog.
gòd, -òid, *s.m.* Show, ornament. 2 Coquetry.
godach, -aiche, *a.* see gabhdach.
gòdach, -aiche, *a.* Showy, dressy. 2 Coquettish. 3 Giddy.
godadh, -aidh, *s.m.* see gogadh.
gòdag, -aig, -an, *s.f.* Coquette, *prov.*
godagach, -aiche, *a.* Coquettish.
godail,(MS) *s.f.* Talkativeness.
godhan, -ain, *s.m.* Cask, barrel.
gog, *s.m.ind.* Little syllable. 2 Nod. 3 Tossing of the head. 4 Cackling or clucking of a hen. 5 Cooing of a pigeon.
gog,* *pr.pt.* a' gogail & a' gogadh, *v.a.* Cackle, as a hen. 2 Toss.
gogach, -aiche, *a.* Nodding, wagging, as the head. 2 Fickle, wavering. 3 Reeling. 4(DC) Stammering, stuttering—*Perth.*
greadair,** *s.m.* Warming pan.

greadan, -ain, *s.m.* see gradan. 2 Considerable time spent with all one's might at anything. 3**Quarrel. 4 Thumping, blow. 5**Creaking. 6 (AF) Mule. 7 (DMC) Cause to regret. 8 Painful result. 8 Bitter sorrow or pain. 10††Burning. G. feasgair is cead dol dachaidh, *evening spurt and leave to go home ;* is goirt an g. a fhuair an dùthaich, *the country has received a severe blow ;* thoir g. air, *belabour it awhile, give it (try it) awhile ;* g. gaoith, *a very strong gale of wind.*

greadanach,-aiche, *a.* Babbling, chattering, 2 Obstreperous. 3 Quarrelsome. 4 Hot, scalding, burning. 5 Fighting, dealing blows, thumping. 6**Clamorous.

greadanachd, see gradanadh.

greadanta, -ainte, *a.* Hot, scalding. 2 Hard, difficult. 3 Vehement. 4††Beating. Gu g., *vehemently.*

greadh, *s.f.* *Joy, happiness. 2 see greigh. 3 **Baking, batch of bread.

greadh, *pr.pt.* a' greadh, *v.a.* Prepare food, boil, knead. 2 Winnow. 3 Thrash, thump. A' g. na cuilm, *preparing the feast.*

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

greadhadh, -aidh, *s.m.* Dressing or preparing of food, *or* 2 of grain. 3 Winnowing.
greadhadair, -ean, *s.m.* Dresser of victuals. 2 Winnower.
————eachd,(DC) *s.f.* Act of winnowing corn—*Argyll.* 2**Dressing of food or grain
greadhair, *s.m.* Stallion, entire horse—*Islay.* 2 Groom—*Lochaber.* 3 Brutish fellow—*Perth.* see greidhear.
greadhainn, see greadhan.
greadhaireachd,** *s.f.* Covering a mare.
greadhan, -ain, -an, *s.m.* Band, troop, group. 2 Jovial band. 3 Great noise. G. mu 'n bhòrd, *a company around the table.*
greadhanachd, *s.f.* Drolling, going about in companies or groups. 2‡‡Pageantry.
greadhanadh,(DMC) *s. m.* Slow progress with any kind of work. 'S ann ort tha 'n g. ris ; *what a long time you are taking at it !*
greadharra, *a.* Pretty.
greadhnach, -aiche, *a.* Joyful, cheerful, bright, merry, exulting, social. 2 Magnificent. 3 Pompous. An cùirtibh g., *in joyful courts.*
greadhnach, -aich, *s.m* Merrymaking. 2 Adorning, making showy.
greadhnachd, *s.f.* Going about in companies or groups. 2‡‡Pageantry.
greadhnachas, -ais, *s.m.* Joy, festivity, sociality, conviviality. 2 Pomp, august appearance, solemnity, parade. 3 Brightness, magnificence. Le mór gh., *with much pomp.*
greadhnas, -ais, see greadhnachas.
grea lhte, *past pt.* Boiled.
greadhuinn, -e, -ean, see greadhan.
greagag, -aig, -an, see griogag.
greagh, see greigh.
greagulain,* *s.m.* Old starved horse. 2 Donkey. 3 Old sword.
greallach, -aiche, *s.f.* Entrails, iutestines, garbage. 2 Purtenance. 3 Pluck, 4 Cart-saddle. 5 Chain. 6 Clay. Nighidh tu a gh., *thou shalt wash its entrails ;* maille ri 'ghreallaich, *with its purtenence.* [WC gives *s.m.* ; H.S.D. and McL & D both spell greallach, *s.*, with one *l*, but McL & D gives two *l* 's in greallach, *a.* As pronounced in *Suth'd*, greallach should have one *l.*]
greallach, -aiche, *a.* Dirty, nasty, filthy.
greallag, -aig, -an, *s.m.* Swingle-tree next the horses, splinter-bar. 2 Swinging rope. 4** Swing. 5 Yoke. 6 see grealach. 7 (MS) Sling. Ann an g., *in a swing ;* greallagan a' chroinn, *the plough's swingle-trees.*
greallagach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, swingle-trees, *or* 2 swinging ropes.
greallagan, *s.pl.* Treadles to draw heddles of weaver's loom up and down.
greallaich,** *s.f.* Clay, mud, dirt, mire.
grealnach,(AF) see grealsach.
grealsach,(AF) -aich, *s.m.* Grilse (fish.) 2 Salmon. 3 see greusaiche.
gream, -a, -an, see greim.
greama, *s.m.* see greamach.
greàmach (AF) *s.m.* Streaked cow.
greamach, *a.* Grinding, biting. 2(DC) Forbidding, tousie, as hair.
greamaich, *v.a.* see gramaich.
greamaichte, see gramaichte.
†greaman, *s.pl.* Shreds.
greamannan, (for greimeannan) *pl.* of greim.
†grean, *s.m.* Gravel.
†grean, *v.a.* Carve, engrave, emboss.
†greanachadh, -aidh, *s.m.* Exhorting, exhortation.
greanachair, *s.m.* Exhorter.
greanadh, see greannachadh.
†greanaich, *v.a.* Exhort.
†greann, *v.a.* Engrave.
greann, grinn, *s. m.* [*f.* in *Badenoch, North Argyll and Poolewe, m.* in *Coigach,*] Grim surly scowl, angry look, appearance of rage. 2 Hair. 3 Hue, colour. 4 Collision, act of striking. 5 Courage, boldness. 6 Bristling of the hair, as on an enraged dog. 7*Ripple on the surface of water. †8 Uncombed hair. 9**Beard. †10 Fair hair. 11** Gloom. † 12 Noise, clangour, blast. 13 Siren (creature.) †14 Friendship, love. 15 Joke. 16 Cloth. 17 Rough-piled clothing. 18* Head having the hair standing on end. Tha g. air an fhairge, *the sea has a rippled, scowling aspect;* bho gach g. 'bhiodh teann do m' thòir, *from every siren hard pressing me ;* dh' fhàs air cith is greann, *he became angry and scowling ;* mar gh. a bheireadh dà òrd, *like the clangour of two hammers ;* is iomadh corp a chaochail a gh., *many a body changed its hue ;* pòr a's beadaraiche g., *a race of the loveliest hue ;* mar gh. reòtaidh, *like a wintry blast.*
greannachd,(MS) *s.f.* Hairiness.
greannach, -aiche, *a.* Hairy, rough, bristly. 2 Rough, uncombed, having dry, bristling hair. 3 Crabbed, morose, irascible. 4 Gloomy, frowning. 5 Lowering, as weather. 6 Mean, of little worth. 7**Ruffled by the wind, as the surface of a lake. 8 (AH) Breezy and very cold. Claigeann g., *a hard, dry-hairedscalp ;* duine g., *a fiery person ;* feasgar g., *a lowering threatening evening ;* aois gh., *gloomy old age.*
greannachadh, -aidh, *s.m.* State of becoming hairy or bristly. 2 Standing of hair on end. 3 Irritating, act of irritating. 4 Frowning. 5 Gloominess, appearance of a rising storm. 6**Growing rough or shaggy. A' g—, *pr. pt.* of greannaich.
greannadh, -aidh, *s.m.* Graving.
greannag, -aig, -an, *s.f. dim.* of greann. Few straggling hairs.
greannagach, -aiche, *a.* Having few or straggling hairs.
†greanna-chluich,‡‡ -ean, *s.m.* Comedy.
greannaich, *pr.pt.* a' greannachadh, *v. a.* Become hairy or bristly, bristle. 2 Frown, lower, scowl. 3 Irritate, provoke. 4 Shrivel, parch. 5 Defy. 6 Grow gloomy. Gh. gach tulach, *every hillock has grown gloomy ;* gh. e rium, *he became angry with me.*
greannaichte,(CR) *a.* Bristling—*Arran.* Tha e g. fuar, *it is bitterly* or *piercingly cold.*
greannan,†† -ain, *s. m.* Shrivelled, ill-favoured creature. 2 (DU)Crabbed fellow.
greannar, see greannmhor.
————achd, see greannmhorachd.
greanndag, (AC) *s.f.* Piece of cloth, rag, tatter.
greann-ghaoth, -aoithe, -an, *s.f.* Cold, parching wind. 2 Boisterous wind, rough breeze
greannmhor, -oire, *a.* Neat, comely, lovely, pretty. 2 Brisk, lively, pleasantly droll, facetious, witty. 3 Sweet, agreeable. 4 Discreet. [McL & D says "applied to females only."]
————achd, *s.f.* Neatness, comeliness. 2 Pleasantness, affability. 3 Discretion. 4 Loveliness.
greannta, *a.* Neat, handy. 2 Handsome, comely, becoming. 3 Carved, engraved. Gu g., *handsomely.*
————chd, *s.f.* Neatness, handiness. 2 Handsomeness, comeliness. 3 Carved work. 4 Disagreeableness.
greanntasan, -ain, *s.m.* Graving, carving.
greannuich, *v.a.* see greannaich.
greanta, *a.* Exact.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

greantachd, *s. f.* Cleanness, cleanliness.
greap, see grap.
gréas, see gréis. †2 Guest. †3 Protection. 4† Manner.
greas, *pr.pt.* a' greasad, a' greasachd & a' greasadh, *v.a. & n.* Hasten. 2 Drive, urge, as a horse. 3 Despatch. 4 Promote. 5 Prepare, dress, accoutre. 6 (DU) Setting a dog at a thing, forcing or hurrying a dog. G. iuthaidh sìos, *speed an arrow downwards ;* ghreas i oirre, *she hasted* ; greas ort ! *hurry up!*
greas,** *a.* see greasach.
greasach, *a.* Common, usual.
———-—adh, -aidh, *s.m.* Hastening. 2 Inciting.
greasachd, see greasad & greusachd.
greasad, -aid, *s.m.* Hastening, act of hastening. 2 Driving, act of driving. 3 Preparing, dressing, accoutring. 4 Despatch, hurry. 5 (DU) Setting on a dog. A' g., *pr.pt.* of greas. A' g. a' choin, *setting the dog on.*
greasadach,†† *a.* Impulsive.
greasadair,** *s.m.* Carrier.
greasadh, -aidh, see greasad.
grèasaich, *v.a.* Hasten. 2 Incite.
greasaiche, -an, *s.m.* see greusaiche.
———-—eachd, see greusaicheachd.
†greasailt, -ean, *s.f.* Inn.
†greasair, -ean, *s.m.* Innkeeper, host.
greasan, -ain, *s.m.* Web.
greasdachd, see greasad.
greastachd, (for greasachd) see greasad.
great, *s.m.* Soap-sud—*Badenoch. Scots*, graith, —warm water so wrought up with soap as to be fit for washing clothes.
†greath, *s.m.* Noise, cry, shout.
greath, *v.a.* see gréidh.
greathachd, *s.f.* Surliness, moroseness, churlishness.
greathlach, -aich, see greallach.
†grech,‡‡ -ich, *s.m.* Garden. 2 Nut. 3 Salt.
†grech, -eich, } *s. m.* Dog, hound. Gach g.
gregh, -eigh, } bha 'n ar mùr, *every dog within our house.*
†greid, *s.f.* Stroke, see gread.
†greideadh, -idh, *s.m.* Second stroke of infection.
greideal,‡ -eil & alach, *s. f.* Gridiron. 2 Girdle. Dubh na greidealach, *the smut of the gridiron.*
greideilein, see greidlean.
gréidh, *s.* see gréidheadh.
greidh, see greigh.
———. *s.m.* Treatment. 2 Beating, thrashing.
gréidh, *pr.pt.* a' gréidheadh, *v. a.* Prepare or dress victuals. 2 Winnow. 3 Whip, flog, thrash. 4 Toast, as bread. 5 Knead. 6‡‡ Dress leather. 7 (MS) Dry. 8 Treat *or* use well.—*West Gaeldom.* 9(DMC) Season, cure.
———eadaireachd,†† *s.f.* Winnowing.
———eadh, -idh, -idhean, *s.m.* Dressing, act of dressing victuals. 2 Dressing of leather. 3 Winnowing. 4 Whipping, flogging, thrashing, punishing.—*North.* 5 Toasting, of bread. 6 Treatment. 7 Treating kindly or liberally. 8 Act of curing, toasting, &c. 9 State of being cured, toasted, &c. 10 Seasoning, preserving. A' g—, *pr.pt.* of gréidh. Droch gh., *bad treatment ;* fhuair e a dheagh gh. *he got a good thrashing ;* a' g. an arain, *toasting the bread ;* a' g. an éisg, *curing the fish ;* a' g. 'san t-sabhall, *winnowing in the barn.*
gréidhear, *s.m.* Grieve, man in charge of farm-work under a manager or farmer.
greidheirne,(AF) see greidh.
gréidhte, *past pt.* of gréidh. Prepared, dressed, as of victuals or leather. 2 Whipped, flogged—*North.* 3 Baked. 4 Kneaded. 5‡‡ Treated kindly—*West.* 6 (DMC) Dried, seasoned, in a good state of preservation, as of peats, corn, &c. Aran g., *baked bread.*
greidlean, -ein, -lan, *s.m.* Bread-stick, instrument for turning bannocks on the girdle in baking. 2 Peel. 3 Scimitar. 2 Name of Pleïades. 5 (DMy) Pot-stick for porridge.
greigh, -e, -ean, *s.f.* Herd, flock, as of deer, stud of horses. G. each air t' fhuarain ghorma, *a troop of horses on thy green fountains.*
———, *s.f.* Gadfly.—*Kintyre.* [Spelt *gréigh* by * but the vowel is short in Kintyre.—greighire is the correct spelling.]
greigh,* *s.f.* Uncommon heat of the sun after bursting out from behind a cloud.
———each, -eiche, *a.* Abounding in studs of horses, armental.
———each, -ich, *s.m.* Stallion, see òigeach.
———ear, -ir, -an, *s.m.* Groom, one who tends horses. 2 Horseman. 3(CR) Stallion—*Arran.*
greigheire, see greighire.
greighire,* *s.* Gadfly.
gréighte, see gréidhte.
greillean, -ein, *s. m.* Dagger. 2 Old rusty sword.
greim, *gen.* -reime & -ama, *pl.* -eanna & gramannan, *s.m.* Hold, holding, custody, grasp, gripe. 2 Bite, morsel, piece of bread. 3 Stitch in sewing. 4 Stitch, throb, pang. 5 Bite with the teeth or nails. 6**Difficult expression, hard word. G. bìdh, *a morsel of food ;* g. 'san aodach, *a stitch in the cloth ;* tha 'n deagh gh. aige, *he has a good hold ;* cha'n 'eil g. agad air, *you have no hold on him ;* am fear nach cuir a shnaim, caillidh e a cheud gh., *he who knots not his thread, will lose his first stitch ;* chaidh a chuir 'na gh., *he was reinstated ;* tha e an g., *he is in custody ;* cha'n 'eil g. ri ghabhail air uisge no teine, *fire and water cannot be grasped*—i.e. *are good servants and bad masters ;* ann an g. *fixed, held fast ;* gabh g., *take hold* ; g. fola, *pleurisy ;* gach fear 'na gh. ! *all hands to quarters !*
——— -acair, -acraichean, *s.m.* Grapnel.
——— -an-diabhuil,§ *s.* Devil's bit scabious, see ura-ballach.
——— -bàis,‡ *s.m.* Death-throe. 2 Mortal disease.
——— -cluaise,‖ *s.m.* Ear-ache.
———eachadh, -aidh, see gramachadh.
———eachail,(MS) *a.* Ansated.
———eadas,* -ais, *s.m.* Hold, tenement.
———eadh, -idh, *s.m.* Grasping, biting.
———ealas, -ais, see gramalas.
———eanna, *n.pl.* of greim. Grasps, holds. 2 Morsels, bits, pieces. 3 Gripes, sudden pains in any part of the body.
———eannach, *a.* Pleuritic.
———eil, -e, *a.* see gramail.
———eilteach, *a.* see gramail.
——— -fàis, *s.m.* "Growing pains."
——— -fola, *s.m.* Pleurisy.
——— -fuachd, *s.m.* Chilblain, see meilicheart.
———ich, -ean, *s.m.* see gramaiche.
———ich, *v.a.* see gramaich.
———iche, *s.m.* Anchor. 2 Cleat of a boat, (Nos. 6 to 10. p. 76,)
———ichte, see gramaichte.
———ir, -ean, *s.m.* Grappling-iron. 2 Pincers.
†greimisg,** *s.f.* Old garments. 2 Trash, trumpery, lumber.
———ear, *s.m.* Higgler.
———earachd, *s.f.* Higgling.
greim-lòinidh, *s.m.* Rheumatic twinge.
greim-mionaich, *s.m.* Colic.
greim-mór,(DMy) *s.m.* Pleurisy.
greim-neirt, *s.m.* Strengthening muscle—*Arran.*
greim-neòin,‡‡ *s.m.* Luncheon.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

greim-sic,†‡ *s.m.* Païn in the anterior part of the body.
gréinbheach, see grian-chrios.
gréine, *gen.sing.* of grian.
†greineachadh, -aidh, *s.m.* Effort.
gréin-ghil, *gen.sing.* of grian-gheal.
gréis, *v.a.* see créis.
†greis, -ean, *s. m.* Champion. 2 Protection. 3 Pillage.
greis, -e, -ean, *s.f.* Prowess, strength. 2 Battle, contest, onset, attack, engagement. 3 Virtue, efficacy. 4 Slaughter. 5 While, space of time. 6 Hero. 7††Fit of coughing. G. air fìona 's g. air branndaidh, *a while at wine and a while at brandy ;* car gh., *for a while ;* fè na g., *the interval between actions ;* thoir g. air t' obair, *work a while ;* g. mhath, *a good while ;* o cheann gh., *a while ago.*
gréis, -e, *s.f.* Needle-work, embroidery. 2 Furniture. 3**Tambouring. 4** Fine clothes. G.-obair, *embroidery ;* obair-gréise, *embroidered work.*
†gréis, *v.a.* Embroider. 2**Adorn. 3**Dress.
gréis-bhean, *s.f.* Milliner.
†greischill,** *s.f.* Sanctuary.
gréise, *gen.sing.* of greus.
greiseach,** *a.* Soliciting, enticing.
greiseachd,** *s.f.* Solicitation, enticement.
gréiseadair,* *s.m.* Embroiderer.
————eachd, *s.f.* Embroidery.
gréiseadh,** -eidh, *s. m.* Embroidery. 2 Act of embroidering.
greiseag,(DC) *s. f.* Wanton woman, "rantin' widow"—*Uist.*
greiseag, *s.f.* Little while.
gréisg, see créis.
gréisg,(CR) *s.f.* Loathing, nausea.—*W. of Ross.*
————ean,(CR) *s.m.* Repulsive food—*W.of Ross.*
————eanach,(CR) *a.* Fastidious, squeamish, easily nauseated.—*W. of Ross.*
gréiste, *past pt.* Embroidered.
gréiste, *past pt.* Greased.
†greistear,** -ir, -an, *s.m.* Carter.
†greit, *s.m.* Champion, warrior.
gréite, see gréidhte.
†greith,** *s.f.* Jewel, ornament. 2 Dress. 3 Gift.
greòd,(CR) *s. m.* Group, company, crowd—*Skye & Argyll.* Gaelic form of *crowd*—not common.
greòig,* *s.m.* Botcher.
————ean,* -ein, *s.m.* Dabbler.
————ich,* *v.a.* Bungle, botch. 2 Dabble.
greollach, see greallach.
greollan, -ain, *s.m.* Cricket (insect.)
greòs, -eòis, *s.m.* Expansion of the thighs.
————ach, -aiche, *a.* Devaricated, expanded in the thighs.
————gach, -aiche, *a.* Grinning, apt to grin. 2 (MS)Rough. Gaire g., *a forced laugh.* Leac gh., *a rough slab ;* làmhan g., *hands rough through hard work.*
greus, *v.a.* see gréis.
greus, -a & -éis, *s.m.* see gréis.
greusachd, *s.f.ind.* Shoemaking trade. 2 Shoemaking work.
greusadaireachd,** *s.f.* see gréiseadaireachd.
greusadh, -aidh, see gréiseadh.
greusaiche, -an, *s.m.* Shoemaker. 2 Cobbler-fish, also known as, frog-fish, lump-fish, chub, bull-head, miller's thumb, sea-devil, and angler. (illust. 398.)
greusaidheachd, *s.f.* see greusachd.
greus-obair, for gréis-obair.
griachan,(MMcL) *s.m.* Warfare.
griam, *s.m.* Kind of lichen growing on stones and trees—*Suth'd.*



398. Greusaiche.

griaman, -ain, *s.m.* Kind of lichen.
†grian, grein, *s.m.* Ground or bottom of the sea. 2 Bottom of a lake or river. 3 Land.
grian, *v.a.* Bask in the sun, expose to the sun.
grian, gréine, *s.f.* The sun. 2 Light of the sun. A gh. na h-òg-mhaidne ! *thou sun of early morn !* ; éirigh na gréine, *sunrise* ; luighe na gréine, *sunset ;* aomadh na gréine, *the oblique descending of the sun ;* O ! nach d' eug thu mu 'm facas grian ! *O that thou didst not die ere thou sawest the sun's light* ; gath-gréine, *a sunbeam.*
grianach, -aiche, *a.* Sunny. 2 Coloured by the sun. 3 Bright, shining. 4 Warm. 5(MS) Airy. 6 Abounding in sunny spots. Dealbhan g., *sun-images ;* mu d' bhlàthaibh g., *about thy sunny blossoms.*
————adh, -aidh, *s. m.* Solar warmth. 2 Basking or drying in the sun. 3‡‡Isolation. A' g—, *pr. pt.* of grianaich.
grianachd, *s.f.* see grianachadh.
grianadh, -aidh, *s.m.* see grianachadh. Pàirt 'san raon a' g., *some basking in the sun.*
grianaich, *pr.pt.* a' grianachadh, *v. a.* Bask or dry in the sun. 2**Expose to the sun or air. 3‡‡Isolate.
————te, *past pt.* Dried in the sun.
grianair,* *v.a.* see grianaich.
†grianair, -ean, *s.m.* Sun-dial.
grianan, -ain, -an, *s.m.* Sunny spot. 2 Summer-house. 3 Peak of a mountain. 4 Palace, any royal seat. 5 Green. 6 Place where peats are dried. 7**Court. 8 Hall, tent. 9 Round turret. 10 Sunny eminence. 11 Exposure. 12‡‡Arched walk on a hill commanding an extensive prospect. 13 Any place suited for exposing to the heat of the sun. An g. còir, *the beauteous hall ;* g. àrd 'sam biodh na féidh, *a sunny eminence where the deer would be.*
griananach, -aiche, *a.* see grianach.
grianantа, -ainte, *a.* see grianach.
grianar, *a.* see grianach.
†grianarc, -airc, -aircean, *s.f,* Sundial.
grian-bheum,** *s.m.* Sun-stroke.
grian-chearcall,** -aill, *s.* Solar halo.
grian-chlach,** -chloiche, -an, *s.f.* Sun-dial.
grian-chrios, -an, *s.m.* Zodiac.
————ach, *a.* Zodiacal. **Comharran** (*no* ceuman) na g., *the signs of the zodiac.*
grian-chuairteag,** -eig, -an, *s.f.* Solar halo.
grian-dhealrach, -aiche, *a.* Sun-bright.
grian-dheatach, -aich, *s. f.* Exhalation. 2** Vapour.
†grian-ghamh-stad, -staid, *s.m.* Winter solstice.
grian-ghath,** *s.m.* Sunbeam. 'Gan tiormachadh 'sna grian-gathaibh, *drying them in the sunbeams.*
————ach, -aiche, *a.* Emitting sunbeams, sunbright. 2 Radiant, effulgent.
grian-gheal, -ile *a.* Sun-bright.
grian-lasta, *a.* see grian-gheal.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

grian-loisgte, *a.* Sun-burnt.
grian-luibh,** *s.* Heliotrope, (flower.)
grianmhor, -oire, *a.* see grianach.
grian-mhuine,§ *s.* Common bramble, see dris.
grian-neòinean,- ein, -an, *s.m.* Turn-sol or sun-flower.
grianrachadh, -aidh, see grianachadh.
grianrachd,** *s.f.* Warmth of the sun. 2 Sun-rising.
grianradh,* -aidh, *s.m.* & *pr.pt.* see grianadh.
grianraich, see grianaich.
grian-riochd,** -an, *s.m.* Image of the sun.
grian-ròs,§ -òis, -an, *s.m.* Rock-rose—*helianthemum vulgare.* Badge of the Fergussons. 2 Heliotrope.
grian-sgàil,** *s.f.* Parasol, any shade for the face against the sun's heat.
————ean, *s.m.* Little parasol or umbrella.
grian-sgar, -air, see grian-sgaradh.
grian-sgaradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Fissure or chink in anything caused by the sun's heat. 2 Breaking into chinks with the sun's heat.
†grian-shamh-stad,-staid, *s.m.* Summer solstice.
grian-stad, *s.m.* Solstice. G. geamhraidh, *winter solstice;* g. samhraidh, *summer solstice.*
grian-thìr,** *s.f.* Sunny-land. Grian-thìr is uaine còta, *a sunny, green-mantled land.*
grianuisg,(AC) *s.* Fay. 2(DC) "Silly."—*Argyll.*
grias,* *v. a.* see grìos.
-——ach, see grìosach.
-——adh, -aidh, see grìosadh.
-——aiche, -an, see greusaiche.
griathran, see greollan.
†grìb, *a.* Swift, quick.
grib,** -e, *s.f.* Hinderance, impediment. 2 Dirt, filth. 3 Feathers on the legs or feet of birds. 4 Manger. 5(AF) Griffin.
gribeach,** *a.* Having feathers on the legs, as some kinds of fowls.
gribeach,** -eich, *s.m.* Hunting nag.
gribeadh, -eidh, *s.m.* Manger.
†gribh, *s.m.* Griffin. 2 Warrior. 3 Finger.
gribheag, -ig, -an, see griobhag.
————ach, -aiche, see griobhagach.
grìbhean,** -ein, *s.m.* Griffin.
gribh-iongach, -aich, *s.m.* Griffin.
grìd, -e, *s. f.* Substance, quality. 2 Good quality. 3 Disposition, temper, faculty. 4 Very keen penurious woman. 5††Colour.
grìdealachd, *s.f.ind.* Goodness of quality.
grìdeil, -e & -eala, *a.* Of a good quality, genuine. 2 Substantial. 3 Very keen or industrious. 4†† Penurious. Ged tha e beag, tha e g., *though he is small, he is "gritty"—Gairloch.*
grifeag, -ig, -ean, see griobhag.
-———ach, see griobhagach.
grigeag, -eig, -an, see griogag.
————ach, see griogagach.
Grigirean, -ein, *s.m.* Pleiades. [*not* The constellation "Charles' wain," which is "an crann-arain."]
grigleach, *a.* Clustered, in festoons or clusters.
grigleachan, -ain, -an, *s. m.* Cluster of stars, small constellation. 2 see Grioglachan.
Griglean, -ain, *s.m.* see Grigirean.
grigleann,§ *s.m.* Quaking grass—*Breadalbane.* see conan.
grìleag,‡ -e, -ean, *s.f.* Grain of salt. 2‡‡ Any small matter. 3 (DC) Small potatoes—*Uist.* see crileag.
————ach, -aiche, *a.* Abounding in grains of salt.
————achadh, -aidh, *s.m.* Breaking into small grains.
grillus,(AF) (for griullus) *s.m.* see greollan.
†grim, *s.f.* see griam. 2 see griom.
grim-challair,** *s.m.* see griom-challair.
†grim-charbad, -aid, *s.m.* War-chariot.
grim-chliath, -chléithe, *s.f.* Hurdles used in sieges as coverts. 2 Penthouse.
grimeach, -eiche, *a.* Grim, surly. 2 Rugged. 3 Barren. 4††Thin-haired.
grimeasach, -aiche, *a.* see grimeach.
grìmeil, -e & -eala, *a.* Valiant. 2 Martial, warlike. 3**Skilful.
†grimisgear, -eir, *s.m.* Pedlar.
†grin, *s.f.* Piece, bit, morsel.
grìn, -e, *s.m.* Gaelic spelling of *green,* plot of ground.
grinean, *s.m., dim.* of grìn.
grinn, -e, *a.* Handsome, elegant, beautiful. 2 Neat, clean. 3 Well or neatly made, formed, or arranged. 4 Excellent. 5* Very kind. 6 Very polite. 7**Artificial. 8**Workmanlike. 9**Of an imposing appearance. 10**Pleasant. †11**Serious, attentive, diligent, deliberate, profound. 12††Fine in texture, as linen, &c. Duine g., *a very kind person;* anart g., *very fine linen;* na's grinne, *finer, politer;* do thaigh g., *thy beauteous house.*
grinn, *s. f.* Piece, morsel. 2 Decency. † 3 Beard. †4 Garrison.
grinn (gu), *adv.* Neatly, elegantly. 2 Seriously. 3 Profoundly.
grinne,* *s.f.* Girning expression of countenance.
grinne, *comp.* of grinn. More or most fine. 2 Beautiful. 3 Neat.
grinneach, -ich, -an, *s.m.* Fop, young spark. 2 ††Stripling.
————adh, -aidh, *s.m.* Making neat, ornamenting or finishing with elegance. 2 Dressing, decorating. 3**Decoration. 4**Striving, effort. 5‡‡Pressing, squeezing. A' g—, *pr.pt.* of grinnich.
————as, -ais, *s.m.* Jemminess.
grinnead,-id, *s.m.* Degree of neatness, &c., see grinneas.
†grinneadh, -idh, *s.m.* Dying, perishing.
grinneal, -eil, *s.m.* Bottom of the sea, a river, or a well. 2 Gravel. 3**Channel. 4**Abyss. 5**Pool. G. gaineimh, *a bottom of sand;* lion air uchd a' grinneil, *a net on the bosom of the pool;* cha ruiginn g. mo ghràidh, *I would not torment my love.*
-————ach, -aiche, *a.* Deep, gulfy. 2 Gravelly, sabulous. 3 Calculous.
-————achd, *s.f.* Grittiness.
†grinneanachadh, see grinneachadh.
grinneas, -is, *s.m.* Neatness, elegance. 2 Gentility. 3* Kindness. 4**Finery. 5**Delicateness. Am bòidhchead 's an g., *in beauty and elegance;* a thaobh grinneis, *by reason of delicateness;* cha bhi luathas is g., *there cannot be expedition and neatness.*
————ach, -aiche, *a.* Neat, clean, elegant, fine.
grinneinich, see grinnich.
————te, see grinnichte.
grinn-eòlas, -ais, *s. m.* Erudition, profound knowledge.
grinnich, *pr.pt.* a' grinneachadh, *v.a.* Polish, make neat, improve, finish, beautify, adorn. 2**Dress. 3 *rarely* Gather. 4 Pierce.
————te, *past pt.* of grinnich. Polished, finished, ornamented.
grinn-obair,(MS) *s.f.* Mechanics. 2 Mechanism.
grinn-làmhachas,(MS) *s.m.* Mechanicalness.
griob, *pr.pt.* a' griobadh, *v.a.* Nibble, as a fish a hook.
griob, } (DC) *s.m.* Coast precipice, part of
grioba, } sea-coast where it is rocky and difficult to land—*Uist.*
griobach,‖ -aich, *s.m.* The itch.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

griobadh, -aidh, *s.m.* Nibbling, bite, act of nibbling. A' g—, *pr.pt.* of griob.
griobh,‡ *s.m.* Pimple. 2(AF) Osprey. 3(AF) Griffin.
grìobh, *s.m.* Gaelic spelling of *grieve.*
griobhach, see griuthach.
grìobhachan, *s., pl.* of griobh. Overseers—*Rob Donn.*
grìobhachd, *s.f.* Office of a grieve.
griobhag, -aig, -an, *s.f.* Hurry, confusion. 2 Timidity. [* gives Genteel hurry.]
————ach, -aiche, *a.* Hurried, confused. 2 Flurried. 3 Timorous. 4* In a hurry-burry about trifles or nothing at all.
griobharsgaich,* *s.f.* Rash of pimples through the skin. 2 *Fucus confervæ,* see lianach.
griobhlach, see griuthach.
griobhrach, *prov.* for griuthach.
grioblas,** -ais, *s.m.* Closeness.
griocas,** -ais, *s.m.* Rumbling noise.
grioch, -ich, -an, *s.m.* Consumptive or lean young deer.
griochair, -e, -ean, *s.m.* Sickly, consumptive person. 2 Mean, miserly person.
griochan,‖ -ain, *s.f.* Consumption. [Preceded by the art. *a' gh—.*]
griodar, -air, *s.m.* Great noise.
griofach,(MS) *Kintyre* for griuthach.
griogach,** *a.* Pebbly.
griogag, -aig, -an, *s.f* [McL & D gives *s.m.*] Bead. 2 Pebble. 3 Crystal. *Lewis, Lochaber, &c,* 4* Small cheese—*Islay.*
————ach, -aiche, *a.* Of, or pertaining to, beads or pebbles.
†griogchan, *s.m.* Constellation.
————ach, *a.* Twinkling like stars, blazing, dazzling.
Grioglachan, -ain, *s.m.* Pleiades [*not* the constellation called "Charles' wain," as given by some—that is "an crann-arain."]
grioglachanach, -aiche, *a.* Glittering like stars.
griog-shùil, -shùla, -shùilean, *s.f.* Little round lively eye.
————each, -eiche, *a.* Having small round lively eyes.
†griom, *s.m.* War, battle.
grioma,(AF) *s.f.* Streaked cow.
griomach, -aiche, *a.* see grimeach.
griomacach, -aiche, *a.* Thin-haired.
griomagach, -aich, *s.m.* Shrivelled grass.
griomail, -e, *a.* see grimeach.
grioman,‖ -ain, *s.m.* Lungwort lichen, see crotal-coille. 2 Malt bud or growth.
griom-challair,** *s. m.* Herald, one who proclaims war or peace.
†griom-charbad, see grim-charbad.
†griomh,** *s.m.* Nail. 2 Talon. 3 Claw.
griomh, see gniomh.
griomhach,** *a.* Having claws or talons.
griomhag,** -aig, *s.f.* Hurry, flurry. 2 Timidity. Foighidneach gun gh., *patient without timidity.*
griomh-shrònach,** *a.* Hawk-nosed.
†griongal, -ail, *s.m.* Care, sorrow. 2 Assiduity. 3 Industry.
†————ach,** *a.* Anxious, sorrowful. 2 Assiduous. 3 Industrious.
————achd, *s.f.* Continued care or sorrow 2 Assiduity.
grionnal, see grinneal.
grìos, *pr.pt.* a' grìosadh, *v.a.* Entreat, pray, solicit. 2 Abet, encourage, aid. 3**Adjure. 4 *rarely* Provoke, whet. 5‡ Rake up a fire. 6* Blaspheme. G. air, *beseech him.*
grìos, -a, *s.f.* Heat. 2(AC) Profane swearing, swearing by God, Christ or any of the host of heaven.
grìosach, -aich, -aichean *s.f.* Burning embers. 2 Hot battle. 3 Volley. 4**Fireside. 5 Squall. Aghann grìosaich, *a frying-pan; 'nuair a thigeadh i 'na grìosaich, when it (the wind) would come in squalls;* air a' ghrìosaich, *on thy embers;* eadar a' gh. 's an stairsneach, *between the fireside and the threshold.*
grìosach,** *a.* Imploring, supplicating, (also griosail.) 2(TS) Imprecating.
————,(TS) -aichean, *s.m.* Adjuration.
grìosachadh, -aidh, *s.m.* Frying. 2 Stirring up, as of a fire. 3 Provocation. 4 Exilement.
grìosad, -aid, *s. m.* Conjuration. 2(MS) Request, invocation, orisons.
————achd, *s.f.* Blasphemy. Rig., *blaspheming.*
————air,* *s.m.* Blasphemer.
griosadh, -aidh, *s. m.* Entreating, act of entreating, beseeching, praying, supplicating, adjuration, solicitation. A' g., *pr.pt.* of grios.
grìosaich, *v.a* Entreat. 2 Stir up the fire. 3 Provoke. 4**Fry. 5**Grow hot. 6(TS) Imprecate.
————te, *past pt.* of grìosaich. Fried. 2 Kindled.
grìosail, -e, *a.* Supplicatory.
grìosair, *s.m.* Implorer. 2**Frying-pan.
grios-nàimhdeas, -eis, *s.m.* Inveterate enmity.
†grios-nàmhach, *a.* Inveterately hostile.
grìosta, *past pt.* of grios. Stirred up, provoked. 2 Beseeched, implored.
†grioth, *s.* Sun.
grioth,* *s.f.* Gravel-pit. 2 Pebble.
————alach,* -aich, *s.m.* Gravel—*Islay.*
gris, -e, *s.f.* Horror, shuddering. 2 Pimples produced on the skin by heat. 3 Redness. 4 Fire. 5 The horrors. 6**Tremor. 7**Terror. 8** Cuticular inflammation. 9 Shiver. 10 Prickly heat. 11* Perspiration or sweat produced by the idea of horror. 12 Horrified expression or appearance. G. fhuachd, *a cold shiver;* thug e g. orm, *he made me shudder.*
gris,** -e, *a.* Grey.
gris-dhearg, -dheirge, *a.* Red mixed with white. 2 Roan-coloured. 3 Ruddy. 4**Liard, colour formed by mixing red and grey. Gruaidh g., *a ruddy cheek.*
grise, see créis.
griseach,* *a.* Shivering, fond of the fireside—*North.* 2 Fatty, oily.
————d, *s.f.* Oiliness.
grìsean, *s. m.* One of a rabble A gh! *you worthless fellow!—Gairloch.*
gris-fhionn, *a.* Kind of brindled colour, mixture of black and white. 2 Grizzled. 3 Roan. 4 Spotted. Breac agus g., *spotted and grizzled.*
grisg,** *v.a.* Roast. 2 Fry. 3 Broil.
——ean, -ein, *s.m.* Roasted meat. 2 Boiled meat.
grìsich,(MS) *v.a.* Begrease, besmear.
grisionn, *a.* see gris-fhionn.
grìsnich,(MS) *v.a.* Besmear.
grith,** *s.f.* Knowledge. 2 Learning. 3 Outcry.
——each, *a.* Knowing, learned, wise, discreet.
——eil, *s.f.* Grunting of young pigs.
griùbhrach,(TS) *Inverness* for griuthach.
griugadan, -ain, see grigirean.
griuilleag,(DU) -eig, -an, *s.f.* Small potato. 2 *in pl* Dross of potatoes.
griùllach, *Harris* for griuthach.
griullus, see greollan.
griun, *s.m.* Hedgehog, porcupine.
griùrach, -aich, *Skye, Uist, W. Isles, &c.* for griuthach.
griùragan, -ain, *s. m.* Infinitely small particle, mote. 2 Pustule on the skin.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

griùraganach, -aiche, *a.* Full of small particles or pustules.
griuthach,‖ -aich, *s.f.* Measles. [Preceded by the article *a' gh—*,] Tha e 'sa gh., *he has the measles.*
griuth-làmhach, *a.* Quick, expert, ready-handed. Gu g., *expertly.*
griuthrach, -aich, see griuthach.
gròb, *pr.pt.* a' gròbadh, *v.a.* Join by indentation. 2 Serrate, groove. 3 Join or sew together awkwardly. 4 Dig with the hands, grub. 5 (MS) Purse. 6††Cobble.
——, *s. m.* Channel or sewer of a cow-house. —*Arran.*
——ach, -aiche, *a.* Serrated. 2 Indented. 3 Wrinkled. 4 Joined by serration. 5** Digging, grubbing.
grobach, -aich, *s.m.* Sea-ware, see propach.
gròbadh, -aidh, *s.m.* Act of joining by serration. 2 Serrating. 3 Grooving. 4 Rebate in *carpentry.* 5**Digging, grubbing. A' g—, *pr.pt* of gròb.
——ag, -aig, -an, *s.f.* Poor shrivelled toothless woman. 2* Little tooth.
grobais,§ *s.* The plants mallows—*malvœ.*
groban, -ain, -an, *s.m.* see gnoban.
gròban, -ain, -an, *s. m.* Mugwort—*artimisia vulgaris.*
grobhd,(CR) *s.* Chunk, thick piece. G. arain, *a chunk of bread—W. of Ross.*
gròc, *pr. pt.* a' gròcadh & a' gròcail, *v.a. & n.* Croak. 2 Roar with a hoarse low voice. 3 Frown on, frighten, threaten in order to frighten children. 4 (AH) Scold noisily and passionately.
gròcadh, -aidh, *s.m.* Roaring, act of roaring. 2 Croaking. 3 Frowning. 4(AH) Scolding with noise and passion. A' g—. *pr.pt.* of gròg.
gròcail, -e, *s.f.* & *pr.pt.* see gròcadh.
grod, -a & -oide, *a.* Rotten, putrid. 2 Proud. 3 Smart. 4(DC) Unreasonable, cross-tempered. Mar fhiodh g., *like rotten wood ;* ugh g., *a rotten egg* ; duine g., *an ill-tempered man.*
grod, *pr.pt.* a' grodadh, *v.a. & n.* Become putrid, rot. 2 Cause to rot.
†grod, -oid, *s.m.* Foam.
grodachd,‡‡ *s.f.ind.* Putridness.
grodadh, -aidh, *s.m.* Rotting, state or act of rotting or becoming putrid.
grodag, -aig, -an, *s.f.* Depraved woman.
grodaidh, *a.* see grod.
grodair,* *s.m.* Putrid fish. 2 Stinking fellow.
grodan,** -ain, *s.m.* Boat.
grodh,** *s.m.* Lever. 2 Gaelic spelling of *crow.*
grodh-iaruinn,** *s.m.* Iron crow.
grodlach, -aich, *s. f.* Rotten tree. 2 Mass of rottenness.
gròdlan,(MS) *s.m.* Hum.
gròdlanadh, -aidh, *s.m.* Grunting, as a pig.
gròdlanaich, *v.n.* Grunt, as a pig.
grog,** -oig, *s.m.* see gnog.
†grog, -oig, -an, *s.m.* see gruag.
grogach,* -aiche, *a.* see gnogach.
grogag, *s.f.*,*dim.* of grog.
grògair, see gròigean.
groganach, -aiche, *a.* Wrinkled, stunted, as heather.
gròibleach,** *a.* Long-nailed. 2 Having talons.
groideal, -oidle & -oidleach, see greideal.
groidheal,** -il, *s.m.* Coral.
groidlean, *s.m.* Spirtle, pot-stick—*Arran.*
gròig, -e, *s.f.* Awkwardness. 2 Perverseness. 3**Scrawl. 4(DU) Mess. Tha e 'na ghròig, *it is a perfect mess.*
groig,** *s.* see gnoig.
gròig,* *v.a.* Bungle, botch.
gròigean, -ein, -an, *s.m.* Awkward, unhandy person. 2 Botcher, bungler, dabbler.
————achd, *s.f.ind.* Awkwardness, unhandiness, helplessness.
gròigeil, -e, *a.* Awkward, helpless, unhandy.
gròigeileachd, see gròigeanachd.
gròigeileas, see gròigeanachd.
gròigeineachadh, -aidh, *s.m. & pr. pt.* Gnarling.
gròigich,* *v.a.* Botch, bungle, dabble.
groilean,** -ein, *s.m.* Bilbo.
groilleach,** -eich, *s.f.* Coarse cloth.
gròilleach,(DMu) *a.* Muddy. Tha 'n rathad glé gh,, *the road is very muddy—Black Isle.*
groim, see greim.
groimh, *s f.* Grin. 2 Visage. 3 Nickname for a person with a grinning countenance.
grois, see gnois.
groiseag, *Blair Athole* for gròiseid.
groiseanach,** *a.* see gnoiseanach (appx.)
gròiseid, -e, -ean, *s.f.* Gooseberry.
————each, -eiche, *a.* Of, or relating to, gooseberries, abounding in gooseberries.
groisgeach,** -eich, *s.m.* Droll, hare-devil.
grollan, see greollan.
gròm,(CR) *s. m.* Minute shellfish that cover tidal rocks and stones—*W. of Ross-shire.*
gròmag,(CR) *s.f.* Small rock-fish that feeds on the gròm—*W. of Ross-shire.* 2 Mixture of oatmeal and churned cream. 3 Mixture of oatmeal and whisky, with or without sugar.—*W. of Ross-shire.*
gromag,** -aig, *s.f.* Prating girl.
gròm-dearg,(DU) *s. m.* Small red variety of coral.
gròmhan, -ain, see gnòmhan.
†gron, -oin, *s.m.* Stain, blot, blemish.
gronnsal,** -ail, *s.m.* Grunt.
grontach,** -aiche, *a.* Corpulent, gross.
gronustal,** -ail, *s.m.* see pronnasg.
gropach,(MMcD) *s f.* Seaweed, light brown in colour, and used with "slaodach" as food for cattle. It is not found so high up on the shore as "cìreanach."
gropadh,** -aidh, *s.m.* Gully, sewer.
gropais, see grobais.
gros, -ois, see gnos.
grosach, see gnosach.
grosadh, -aidh, *s.m.* Gross (twelve dozen.)
gròsaid, see gròiseid.
————each, see gròiseideach.
grosair, see gnosair.
grosaireachd, see gnosaireachd.
grosanach, see gnosach.
gròsd, see gnòsd.
gròta, -chan, *s.m.* Groat, silver coin value 4d. sterling. Is don' am pàigheadh an g., *a groat is but poor pay.*
grothach, -aich, see gnothach.
grothal, -ail, *s.m.* Sand, gravel.
grothalach, see grothlach.
grothan,** -ain, *s.m.* Purring. 2 Moan, groan. 3 Complaining.
grothlach, -aich, *s.m.* Gravel-pit.
————, -aiche, *a.* Gravelly.
grotonach,** -aiche, *a.* Corpulent. 2 Heavy-breeched. *prov.*
gru,(AF) *s.m.* Greyhound.
grù, see gnù.
gruadhach, -aich, -aichean, *s.f.* see gruaidh.
gruag, -aig, -an, *s.f.* Wig. 2 Hair of the head, especially of a female. 2 Anything resembling hair. 4 Lock of hair. 5**Woman. 6** Wife. G.-bhréige, *a wig.*
gruagach, -aich, -aichean, *s.f.* Young woman, maiden, virgin. 2 *in derision,* Man with long hair. 3 Bridesmaid. 4 ** Bridegroom's maid. 5** *rarely,* Chief of a place. 6 Supposed household goddess. 7†† *s.m.* Brownie.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

8 Horizontal bar bearing supports of flyers of spinning-wheel. Ghràdhaich e a' gh., *he loved the virgin;* na gruagaichean laghach, *the pretty maidens;* cha ghruagaichean gu léir air am bi am falt féin, *all are not virgins who wear their own hair*—of old, young women in Gaeldom were wont to go bare-headed until after marriage or after child-bearing.

————, -aiche, *a.* Hairy, having much hair. 2 Having ringlets. 2 Womanly.

gruagag, -aig, -an, *s.f., dim.* of gruag. Little wig. 2 Small lock of hair.

gruagair, -ean, *s.m.* Hair-dresser. 2*Wig-maker.

gruag-Muire,§ *s.* Goldilocks, see follasgain.

gruaidh, -e, *s. f.* Cheek. 2 Countenance. 3 Brow. 4 Edge of a furrow. 5 Profile. 6 Temple of the head. 7 Liver. Coslas a' bhàis 'na gh. *the likeness of death in his face;* rughadh g., *a blush.*

gruaidhean, *n. pl.* of gruaidh.

————,** see grùthan.

gruaidh-lagan,** -ain, *s.m.* Dimple on the cheek.

gruaigean,§ -ain, *s.m.* Badderlocks, hen-ware—kind of sea-ware—*Skye,* *birses, see mircean.

———— -éisg,(DMy)*s.m.* Round tasselled ball between a fish's stomach and entrails.

————ach, -aiche, *a.* Abounding in seaweed.

gruaim, -e, *s. f.* Gloom, surly look. 2 Sullenness. 3 Sadness, melancholy. 4 Ill-humour. 5 Darkness. Fo dhòruinn 's fo gh., *in sorrow and gloom.*

gruaim-bheinn, -bheanntan, *s.f.* Dark hill. 2 Gloomy mountain. O ghuallaibh nan g., *from the shoulders of the gloomy mountains.*

gruaimean, -in, -an, *s.m.* Gloomy, sullen, morose fellow. 2 Man with a frowning visage. 3**Frown. 4**Gloom.

gruaimean,** *a.* Surly. 2 Frowning.

gruama, *a.* see gruamach.

gruamach, -aiche, *a.* Sullen, gloomy, morose, surly. 2 Dark, sad, sorrowful. 3 Gloomy, obscure, cloudy. Bu gh. an tuar, *gloomy was their aspect.*

————, -aich, *s.m.* Forbidding face.

————d, *s.f.ind.* Sullenness, gloominess, surliness, melancholy. 2 Sternness, grimness, austerity. 3 Habit of frowning, continual frowning. 4 Cloudiness. 5* Unhappy temper.

gruamadh, *pr.pt.* Darkening, as the evening.

gruamag, -aig, -an, *s.f.* Grim, frowning, morose woman.

gruamaiche, *comp.* of gruamach.

————, *s.f.* Gloominess, gloom. 2 Sternness. 3 Surliness. 4 Grumbling.

gruaman, -ain, *s.m.* Gloomy sadness, dudgeon, melancholy, dejection. 2 Slight frown. 3** Man who frowns. Na biodh oirbh g., *let there be no frown upon you.*

————ach, -aiche, *a.* Vexed, dejected, sad, displeased.

grùan, see grùthan. 2* Deep moan

grùanach, see grùthanach.

grùbhan, see grùthan.

†gruc, *s.* Wrinkle.

grùdair, -ean, *s.m.* Brewer,†mashman. 2 Distiller. 3††Tavern-keeper, victualler. 4 Mean drinker.

————eachd, *s.f.* Employment of brewing, brewery. 2 Employment of distilling, distillery.

grùg, -ùige, *a.* see gnùg.

grùg, -ùig, *s.f.* see gnùg.

grùgach, -aiche, *a.* see gnùgach.

————,* -aich, *s.f.* see gnùgag.

grugadan, (WC) *s. m.* The seven stars (Seven Sisters.)

grùgag, see gnùgag.

grùgair, -ean, see gnùgair.

grùid, -e, *s.f.* Lees, dregs, grounds, sediment. 2**Malt.

——each, *a.* Full of grains. 2 Malty. 3 Full of dregs.

gruidhear, -an, *s.m.* Overseer.

grùig, -e, -ean, *prov.* for grùg. 2 Churlishness. inhospitality. 3 Shrinking of the shoulders, as from cold, drooping attitude. 4(DU)Churlish look. Tha g. air a' bhoin, *the cow has a pugnacious look.*

grùigean -ein, see gnùigean.

grùigeineach, -eiche, *a.* see gnùigeineach.

gruigh, see gruth. 2* Dish of curds dressed with butter, &c.

gruileag, see griuilleag.

gruilleamach, -aiche, *a.* Prancing, leaping suddenly.

†gruin, -e, -ean, *s.f.* see gràineag.

gruin,(AF) see griun.

gruip, *s. f.* see gròb. 2 Gaelic spelling of *grip.*

gruitheach, -eiche, see gruthach.

gruitheam, -im, *s.m.* Curd-butter (that is, half butter and half curd finely mixed.) 2††Crowdie. 3 *Curd-pie.

gruithim, see gruitheam.

gruitin,(AF) *s.* Salt, old or sour butter.

grullagan,* -ain, *s. m.* Circle, ring of people. 2 see grioglachan.

grullan, -ain, see greollan.

grumach, *a.* see gruamach.

grumadh, -aidh, *s.m.* Gaelic noun formed from Eng. *groom.*

grumastal,(CR) *Torridon* for pronnasg.

grùmha,(DU) *a.* Sour-looking. 2 Churlisn.

grùmhan,(DU) *s.m.* Grunt, moan.

†grunn, *s.m.* Crowd, group. 2 see grunnd. G. dhaoine, *a crowd of people;* lìontan ghrunna, *ground nets.*

grunnachadh, -aidh, see grunndachadh.

grunnadh, see grunndadh.

grunnaich, see grunndaich.

————e, see grunndaiche.

————te, see grunndaichte.

grunnail, *a.* see grunndail.

grunnal,** *s.m.* Bottom.

grunnan, -ain, -an, *s. m.* Cluster, handful, group. 2 Little heap. 3 Hillock. 4 Parcel. 5 Group of animals.

grunnanach,†† *a.* Abounding in clusters.

grunnanaich, *pr. pt.* a' grunnanachadh, *v. a.* Group, collect in groups.

grunnas, see grunnasg.

grunnasg, -aisg, -an, *s.f.* Groundsel, see buaghalan. 2‡‡Dregs, sediment.

————ach, -aiche, *a.* Of, or abounding in, groundsel. 2‡‡ Full of dregs or sediment, draffy.

grunnastal, *prov* for pronnasg. [In *Gairloch* this is the only form used—DU.]

grunnastan, *Reay Co.* for pronnasg.

grunnd, -uinnd & -a, -an, *s.m.* Ground, bottom, 2 Base. 3†† Sense. 4 Thrift, carefulness, economy. 5 Decision of character. 6**The nether world. 7* Attention. G. an domhain, *the bottom of the deep;* g. a chléibh, *the bottom of his breast;* a chumhachdan dubha a' ghruinnd, *ye gloomy divinities of the nether world;* dean le g. e, *do it carefully;* duine gun gh., *a man without decision of character;* làmh a' ghruinnd, *a thrifty person.*

grunndachadh, -aidh, *s.m.* Grounding. 3 Sounding, fathoming. Cord grunnachaidh, *a sounding line.*

grunndadh,-aidh, *s.m.* Heaping up, gathering together, accumulation.

grunndaich, *pr.pt.* a' grunndachadh, *v.a.* Sound

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

the depth, fathom. 2(DC) Wade—*Uist.* Feuch an g. e, *try if the lead touches the bottom (of the water.)*

————e,†† -an, *s. m.* Sinker, weight for a fishing-line.

————te, *past pt.* of grunndaich. Sounded, measured, (of depth.)

grunndail, -e, *a.* Having a good foundation. 2 Frugal, solid, economical. 3 Very attentive and punctual. 4**Careful. 5**Sensible. Gu g., *frugally.*

———— -fuar,(CR) *a.* Somewhat cold—*W. of Ross.*

grunndalachd, *s.f.ind.* Solidity, firmness. 2 Carefulness, frugality. 3 Economics. 4 Sense. 5 Decisive character. 6 Attention to business. 7 Good management.

grunndalas, -ais, *s.m.* see grunndalachd.

grunndas,** -ais, *s.m.* Good management. 2 Carefulness, frugality. 3 Dregs, lees.

————ach, -aiche, *a.* Abounding in dregs, feculent.

grunnd-lagh, *s.m.* Fundamental law.

grunnd-luchd, *s.m.* Ballast.

grunnd-luchdaich, *v.a.* Ballast.

grunnstal, *Helmsdale* for pronnasg.

grunnstalach, *a.* Brimstony.

grùnsgal, -ail, *s.m.* Grunting, snarling, growling.

————ach, -aiche, *a.* Snarling, growling, grunting.

gruth, -uith, *s.m.* Curds. Cho geal 's an g., *as white as curds.*

————ach, -aiche, *a.* Curdled, abounding in curds. 2 Curdling, curd-producing.

grùthan, -ain, -an, *s.m.* The liver.

————ach,‡‡ -aiche, Livered, belonging to the liver, heptic.

gruth-im, *s.m.* see gruitheam.

gu, *prep.* To, towards. Cuiridh mi litir chugad, *I will send a letter to you* ; chuige is uaithe, *to and fro* ; gu fichead, *to twenty.* [Governs dative case.] *Gu* is generally omitted in *Argyllshire* when speaking of the cardinal points, as tha mi 'falbh an iar, *I am going (to the) west ;* tha mi 'sealltainn deas, *I am looking toward the south* ; but in *Skye* and the North the *gu* is generally inserted, as, tha mi dol gu deas, *I am going to the south.* In *Gairloch, Lochalsh & Lochbroom* they say " a' dol gu deas " and " gu tuath," but " a' dol an ear agus an iar (gu pronounced dho.) *Gu* in these cases is not good idiom ; *gu* implies reaching your destination, but you can never reach the N., S., E. or W. It may be mentioned here, under *gu*, that a strange effect of the migrations from the south side of the Moray Firth is heard in a common English expression among the people of E. Ross generally where they use such comical phrases as, *I am going west to the kitchen, I am going east to the room,*—but the place indicated as *east* is often almost due north. [In certain districts of Perthshire all places are either *east* or *west.*] This disappearance of *to* in English when speaking of the cardinal points is worth noting. At first sight it appears as though the Gaelic idiom of the south had been translated into the English of the north, but the English idiom has really no connection with Gaelic.

Gu is used locally in *Suth'd* in place of the usual *a* before infinitives, as, gu àrach an anma, *to nourish their souls.*

G. seilg nan sliabh, *to the mountain-chase ;* g. crìch mo shaoghail, *to my life's end ;* air dol gu neo-ni, *gone to nothing ;* gu là bràth, *for ever ;* blia thna gu leth, *a year and a half.* [*Gu* here does not mean *to*, but is a remnant of con, *with*, and is only found in a few sentences, as, " bliadhna gu leth," " gu Mac 'Ic Alasdair 's Lochial."]

When *gu* comes before an adjective, the adj. is translated into English as an adverb, as, math, *good*, gu math, *well ;* buileach, *effectual*, gu buileach, *effectually.* Armstrong says " *Gu* has often a similar effect on a substantive, as, beachd, *observation*, gu beachd, *clearly;* dearbh, *proof*, gu dearbh, *truly, indeed,*" but both words are adjectives—" gu beachd " is an Irishism in the Psalms, " beachd " being an adjective in Irish. Chi thu chugad e, 's cha'n fheàirrd thu agad e, *you'll see it coming to you, and you'll be none the better when you have got it.*

gu, *adv.* Till, until.

gu, *conj.* That, to the end that. Used to signify a wish or idea, and implies that a sentence which is not expressed precedes the clause it introduces. (Tha e fìor) gu'n tugadh crodh Chailein dhomh bainn' air an raon, (*it is true*) *that Colin's cattle would give me milk on the plain ;* (is e mo mhiann-sa) gu'n robh móran maith agad, (*it is my wish*) *that you may have good*—a way of returning thanks ; (is e mo mhiann-sa) gu'm bu slàn a chi mi thu, (*it is my wish*) *that I may see you well !* gu ma fada beò an righ ! *long live the king !* slàn gu'n robh an Gàidheal gasda, *may the gallant Celt be hale. Gu* is used in poetry if the nominative precedes the verb, and also to give greater emphasis, as, fiamh aiteis àird, gu'n robh 'na ghnùis, *an appearance of exceeding joy was in his face ;* nam bu duine eile gu'n deanadh, bu mhise gu'n dioladh, *had another man done it, it's I would avenge it.* In negative expressions *nach* takes the place of *gu*, O ! (is truagh) nach robh mi 'nam chalman, *O !* (*it is sad*) *that I were not a dove.—MacKay's Easy G. Syntax.*

†gu, *s.m.* Lie.

guag, -aig, -an, *s.m.* Giddy, whimsical fellow, unsettled, capricious person. 2 Splay foot. 3 (DC) Lameness. see cuag. Tha g. ann, *he is lame.*

——ach, -aiche, *a.* Capricious, giddy, whimsical. 2 see cuagach.

guagair, see cuagaire.

guaid, *pr.pt.* a' guaideil, *v.* see guait.

guaideil, *pr. pt.* see guaiteil.

guaigean, -ein, -an, *s.m.* Thick little round cake. 3(DC) Short, stout man or boy—*Argyll.*

----————ach, -aiche, *a.* Thick, little and round.

guail, *gen.sing.* of gual.

guailisg,(AC) *a.* False, distorted, displaced, out-of-order morally, mentally or physically.

guaille, *gen.sing.* of gualainn.

guailleach, -ich, -ean, *s. f.* Cord tying the shoulders of the dead. 2* Shoulder-strap or chain of a horse. 3 *pl.* in the sense of Shoulders—*Arran.*

————an, -ain, -an, *s.m.* Woman's tunic. 2 Companion. 3**Shoulder-piece. 4**Mantle. 5(CR) Draught-chain of a cart.

guaillean, -an, *s.m.* Coal of fire, cinder. 2 *pl.* of gualann.

----————ach, -aiche, *a.* Full of cinders. 2 Like a cinder.

guaillear, -eir, -an, (gual) *s.m.* Collier.

----————, -eir, (gualann) *s.m.* Comrade, chum.

----————achd, *s. f.* Employment of a collier, colliery.

guaillfhionn, -a, *a.* White-shouldered.

————————, *s.m.* Name given to a cow with

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

white shoulders.
guaillibh, *dat.pl.* of gualann. Clann nan Gàidheal ann an [*not* ri, which is the Eng. idiom translated] guaillibh a chéile, *children of the Gael shoulder to shoulder.*
guaillich, *v.a.* Go hand in hand and shoulder to shoulder. 2 Accompany. 3**Elbow.
guailliche,** *s.m.* Colleague.
guaillinneach, see guailleach.
guaillionn, see guaillfhionn.
guaillneach, -eiche, *a.* Shouldered.
guaillnean, *n.pl.* of gualann.
———, *s.m.* Cinder.
guailneanan, *s.pl.* Traces of a carriage, &c.
guaim,* *s. f.* Economy, attention to minute articles of gain, prudence, good management, thrift. Cha'n 'eil móran g. innte, *she is not a good manager.*
———eas, -is, *s.m.* Quietness. 2 Comfort. 3** Neatness.
———easach, -aiche, *a.* Quiet. 2 Comfortable. snug. 3 Neat. Gu g., *neatly.*
làmhachd, *s.f.* see làmhach.
làmhachdradh,†† -aidh, *s.m.* Needless handling. 2††Pawing.
làmhadair,* see làmhainnear.
làmhadh,(CR) -aidh, *s.m.* Axe—*Suth'd.* 2** Pawing, handling, groping.
làmhag,†† *s.f.* Small hand. 2 Axe. [This should be spelt làmhadh, but it is pronounced làmhag in *Gairloch, &c.* This peculiarity in the *Gairloch* dialect extends to most terminations

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

in -adh, e.g. padhag for padhadh, *thirst.*]
———an, -ain, -an, *s.m.* Handling, fingering 2 Glove.
làmhaich, *pr.pt.* a' làmhach & a' làmhachadh, *v a.* Glean, as corn. 2 Handle. 3 Finger. 4 **Take in hand.
———te, *past pt.* of lamhaich. Gleaned. 2 Handled, felt with the hands
làmhaidh, *s.* Razorbill, see coltraiche. 2 (AF) Guillemot.
làmhainn, -ean, *s. f.* Glove, especially a kid glove. 2 Mitten. 3 Gauntlet.
làmhainn cat leacainn,§ *s.* Navel-wort, wall-pennywort—*cotyledon umbilicus* Used as a poultice for scalds or pimples
———each, -eiche, *a.* Having gloves, abounding in gloves.
———ear, -ir, -an, *s.m* Glover
———earachd, *s.f* Art or trade of glove-making.
———ich, *v. a.* Provide with gloves, put gloves on the hands.
———iche, see làmhainnear.
———ichte, *past pt.* of làmhainnich.
làmhair,** *s.m.* Gunner, shooter
làmhairc,* *s.f.* Right hand stilt or handle of a plough. (The left one is called corrag.)
lamhairic. see làimhrig.
làmhairt,** *s.f.* Handling, fingering.
lamhalan, see labhallan.
làmhan,** -an, *s.m.* Glove, gauntlet.
làmh-anart, -airt, -an, *s.m.* Towel.
làmhan cat leacainn,** *s. m.* Common navel-wort, see làmhainn cat leacainn.
lamhannan,** -ain *s.m.* Bladder.
lamhargan,(CR) *s.m.* Handle of a flail—*Arran.*
lamhas, -ais, *s.m.* Glove.
làmhchair, -e, *a.* Ready-handed, handy,clever, active, dexterous, adroit.
———eachd, *s.f.* Ready-handedness, dexterity, adroitness. 2 Sleight of hand. 3 Knack.
làmhchar, see làmhchair.
làmh-charach,(MS) *a.* see làmhchair
———d,(MS) *s f.* see làmhchaireachd.
làmh-chèardail, -e, *a.* see làimh-cheardail.
làmh-cheird, see làimh-chèard
———il, see làimh-chèardail
lamh-chlag, -chluig, *s.m* Hand-bell.
làmh-chleas, -an, see laimh-chleas.
———achd, see làimh-chleasachd.
———aiche, see laimh-chleasaiche.
làmh-chlì, *s.f.* The left hand.
làmh-choille, *s.f.* Cubit.
———ach, *a.* Cubital.
làmh-chomhart, -airt, *s. m.* Clapping of hands
lamh-chòmhraig, *s.m.* Combatant
làmhchradh, (CR) *s.m.* Handling of sheep and cattle—*Skye.* 2 (Fionn) Pawing. 3 Needless handling.
làmhchran, see làmhrachan.
lamh-chrann, *s.f.* Handstaff of a flail. 2 Tree of a harp. 3 Handle of a plough.
làmh-chrathadh, *s.m.* Hand-shake.
làmh-dhèanadas, -ais, *s.m.* Handiwork.
làmh-dheanas, -ais, *s.m.* Restraint.
làmh-dhèanta, *a.* Manufactured, hand-made.
lamh-dheantas, see làmh-dheanadas.
làmh-dheas, -an-deasa, *s. f.* The right hand. A dh'ionnsuidh na laimhe deise, *to the right hand.*
làmh-dhruidh, -ean, *s.m.* Chiromancer, palmist.
———eachd, *s.f.* Chiromancy, palmistry.
làmh-fhadach, -aiche, *a.* Longimanous.
làmh-fhàil, -ean, *s.f.* Bracelet.
———each,(MS) *a.* Armillary.
làmh-fhual, see famh-bhual.
lamhgar, *s.m.* Sunk ledge of rock covered with slippery seaware—*Lewis ;* e.g. sgeir lamhgair.
làmh-ghlais, *v.a.* Manacle, handcuff.
———te, *past pt.* of làmh-ghlais. Manacled, handcuffed.
làmh-ghlas, -ais, -an, *s. f.* Manacle, handcuff. (better glas-làmh.)
làmh-ghlasadh, -aidh, *s.m.* Manacling, act of manacling, handcuffing. A' l—, *pr. pt.* of làmh-ghlais.
làmh-ghleusach,(MS) *a.* Manual.
làmh-ghreim, *s.f.* Handle.
làmh-làidir, -àimh-, *s.m.* Force, oppression, violence. 2 Strong hand. Le l., *with a strong hand*—motto of the Mackays.
làmh-léigh, -ean, *s.m.* Surgeon.
———eachd, *s.f.* Surgery.
lamh-lorg, -luirg, -an, *s.f.* Handstaff of a flail.
làmh-mhuileann, -inn, -uilnean, *s. m.* Hand-mill.
†lamhnadh, -aidh, *s. m.* Bringing forth, nativity.
làmhnain, *s.f.* see lànan & lànann.
làmhnan, -ain, *s.m* Bladder.
làmh-oibre, -an, *s.m.* Workman, labourer. 2 Good workman.
làmh-oibriche, see làmh-oibre.
làmhrachan, -ain, *s.m.* Handle, shaft. 2 (DMC) Big stick.
làmhrachdaich, *s. m.* Handling, act of handling awkwardly.
———,** *v. a.* Handle clumsily. 2 Grope.
làmhrachdas,** -ais, *s.m.* Groping, handling.
làmhrag, -aig, -an, *s.f.* Awkward, slovenly or indolent woman, slut. 2 Dowdy. 3**Silly woman.
làmhragan, -ain, *s.m.* Awkward handling or using of anything. 2 Groping. 3 Lazy or slovenly habit. 4(DMC) Slowness in doing a thing.
làmhraganach, -aiche, *a.* Of awkward, indolent or slovenly habits.
lamhraich, *pr.pt.* a' làmhrachadh, *v.a.* Handle awk wardly or unskilfully. 2 Grope.
làmhraig,(AF) *s.f.* Allen hawk.
lamh-rod, -òid, *s.m.* By-road, footpath.
lamhsaich, see làimhsich.
lamhsaid, see langasaid.
làmh-sgiath, -sgéithe, -an, *s.f.* Target, shield.
làmh-sgrìobhadh, -aidh, *s.m* Handwriting. 2 Manuscript.
lamh-sgriobhaidh,** *s.f.* see làmh-sgrìobhadh.
làmh-sgriobhair, -ean. *s.m.* Clerk, amanuensis.
lamh-speic, -ean, *s.f.* Hand-spike.
———each, *a.* Abounding in hand-spikes.
lamh-stiùradh, aidh, *s.m.* Manuduction.
lamh-threòrachadh, -aidh, *s.m.* Manuduction.
làmh-theann, -einne, *a.* see làmh-theannach.
———ach, -aiche, *a.* Close-fisted, gripping.
làmh-thionnach,** *a.* Desirous, eager. 2 Given to chiromancy.
làmh-thuagh, *s.f.* Axe
lamh-uaireadair, *s.f.* Hand of a watch or clock.
lamhuinn, see làmhainn.
———each, see làmhainneach.
———ear, see làmhainnear.
———earachd, see làmhainnearachd.
———ich, see làmhainnich.
———ichte, see làmhainnichte.
làmh-uisge, *s.f* Sluice-handle.
lamna, *s.m.* Space of time.
†lamnad, *s.* Parturition.
lampa, *s.m.* Gaelic spelling of *lamp.*
lampar,(AF) -air, *s.m.* Small or unfledged bird.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

†lamprag, -aig, *s. f.* Glow-worm, see cuileag-shnìomhain.
lamrag, -aig, -an, see lamhrag.
lamraig, see làimhrig.
lamraig,** *s.m.* Black bird with white spots, supposed to be an allen hawk.
làn, làine, *a.* Full. 2 Complete, perfect. 3 Filled, satiated, satisfied. Làn ùghdarras, *full authority :* l. dhamh, *a full-grown stag or hart ;* l. chothrom, *ample justice, best opportunity :* l. chumhachd, *discretionary power, full authority, carte-blanche ;* tha l. fnios ag am air sin, *I know that quite well.*
làn, làin, *s.m.* Full, fulness, repletion 2 The tide, flood tide. 3**Corpulence 4 *rarely* Church. 5 Lane. 6 **Swell, as of water. [MacAlpine gives "pique," which should be *lair.*] Rug an l. oirnn, *the tide overtook us ;* l. broinn, *a bellyful ;* l. beòil, *a mouthful ;* 's ann innte tha 'n l. ! *how corpulent she is !* l dùirn, *a handful ;* 's ann 'san abhainn a tha 'n làn ! *what a swell there is in the river !* l. a chridhe, *enough, plenty ;* thug e l a chridhe dha, *it gave him as much as he was fit for ;* thàinig l. orm, *my eyes suffused with tears.*
làn, *adv.* Completely, wholly, quite. Làn cheart, *quite right ;* l. fhiosrach. *fully certain ;* l. fhoghainteach, *fully equal to, fully competent.*
lànach, *a.* Fruitful. An grùnnd a b' fhèarr o shliabh gu tràigh, gu fasach, lànach, sultmhorra, *the best of land from hill to strand, productive, fruitful, fertile—Filidh, p, 22.*
lànachadh, -aidh, *s m.* see lànachd.
lànachd, *s.f.* Fulness, abundance, repletion. 2 Completion, fulfilment.
lànadair, -ean, *s. m.* Smith's iron wedge or mould-piece, with which to shape the eye of an axe or hammer. 2 Funnel, filler.
lànag, *s.f.* Radius.
lanaig, (MMcD) *s.* Narrow path for cattle through the crofts in a township.
làn-aighear,†† *s.m.* Mirth, merry making.
lànain,** -ain, -an, *s.f.* see lànan.
làn-amharc,‡‡ -airc, *s.m.* Perlustration.
†lànamhas, -ais, see lànanas.
lànamhnas, see lànanas.
lànanas, -ais, *s.m.* Congressus venereus.
lànamhainn, see lànan.
lànamhuin, see lànan.
lànan, -ain, -an, *s.m.* Couple, pair or brace. 2 Married couple. 3 Roof couple. Gu ma buan do 'n l. uasal ! *long may the noble couple live !* l. pòsda, *a married couple.*
lànann, see lànan.
làn-aois, *s.m.* Full age, advanced age.
làn-aosda, *a.* Full of age, of an advanced age.
làn-aosdachd, *s.f.* Fulness of age.
làn-bharail, *s.* Conviction.
làn-bheachd, -an, *s.f.* Full view. 2 Confidence, self-confidence.
làn-bheachdail, -e, *a.* Confident
làn-bhuidheann, -bhuidhne, -dhnean, *s f.* Full band, gang, garrison, complement of men.
làn-cheathairne, -an, *s.m.* Guard, garrison.
†làn-chéimnich, *v.n.* Wander, ramble.
làn-chothrom, -oim, -an, *s.m.* Ample justice. 2 Full weight. 3**Good opportunity. Tha 'n l. agad, *you have a good opportunity.*
làn-chothromach, -aiche, *a.* Affording ample justice. 2 Of full weight. 3**Quite convenient.
làn-chothromachadh, -aidh, *s.m.* Weighing, act of weighing thoroughly. A' l—, *pr.pt.* of làn-chothromaich.
làn-chothromaich, *v.a.* Weigh thoroughly.
làn-chothromaichte, *past pt.* Fully weighed.
làn-chrìochnachadh, -aidh, *s.m.* Finishing, accomplishing, act of completely finishing, completion, accomplishment. A' l—, *pr. pt* of làn-chrìochnaich.
làn-chrìochnaich, *pr.pt.* a' làn-chrìochnachadh, *v.a.* Complete, perfect, accomplish a work.
làn-chrìochnaichte, *past pt.* Accomplished, quite finished, brought to a final conclusion.
làn-chròdha, *a* Very brave or powerful
lan-chruaidh,** *a.* Quite hard, well-tempered. Lannan l., *well-tempered swords.*
làn-chumhachd, -an, *s.m.* Full power, plenipotence
lan-chumhachdach, -aiche, *a.* Having full power plenipotent.
làn-chumhachdach, -aich, *s.m.* Plenipotentiary.
†land,¶ *s.* Scale.
làn-daingneachd, -an, *s.m.* Perfect hold or holding. 2 Perseverance, firmness of purpose.
làn-damh, -aimh, *s.m.* Full grown stag or hart, "royal."
làn-dèanta, *a.* Quite finished, perfectly formed. 2 Perfectly trained. L. ri airm, *well-trained to arms.*
làn-dearbh, *v a* Demonstrate, prove fully. 2 Try thoroughly
làn-dearbhachd, -an, *s.m.* Full proof, full conviction, assurance. Le l., *with full assurance.*
làn-dearbhadh, -aidh, *s.m.* Demonstrating, act of demonstrating, fully proving. 2 Full assurance, conviction. 3 Complete trial. L. air gach duine, *every man fully persuaded.*
làn-dearbhta, *a.* & *past pt.* of làn-dearbh. Fully proved, demonstrated, tried thoroughly, fully convinced.
làn-deimhinn, -ean, *s.m.* Certainty, full assurance or persuasion. Bha l. aige, *he was fully persuaded.*
làn-dhearbh, see làn-dearbh.
lan-dhearbhta, see làn-dearbhta.
làn-dhearcadh,‡‡ -aidh, *s.m.* Perlustration.
làn-dochas,‡‡ -ais, *s.m.* Assurance, certain expectation.
làn-dùirn,** *s.m.* Handful, maniple.
làn-dubhlan, -ain, -an *s. m.* Open challenge, open defiance. Bheirinn l. do d' naimh, *I would give an open challenge to thy foes.*
làn-fhios, -an, *s. f.* Full certainty, assurance, knowledge, conviction. Tha l. agad, *you know full well.*
làn-fhiosrach, -aiche, *a* Fully assured or certain. Tha mi l air, *I am quite certain of it.*
lan-fhiosrachadh, -aidh, *s m* Making certain, act of making certain, assuring, convincing, conviction.
làn-fhiosrachd, see làn-fhios.
lan-fhiosraich, *pr.pt* a lan-fhiosrachadh, *v.a.* Make certain, convince. 2 Be assured or made certain.
làn-fhiosraichte, *past pt.* of lan-fhiosraich. Fully assured, made certain.
lang,** -aing, *s.m.* Feast.
†lang, *s.f.* Falsehood, treachery.
langa,†† *s.f.* Lank female.
langa, *s. f.* Ling (plant), see fraoch. 2 (AF) Ling (fish.) Is i an l. mart-fheòil na mara, *ling is the beef of the sea.*
langach, ¶ -aich, *s.m.* Common guillemot, see eun-dubh-an-sgadain.
langach, -aiche, *a.* Slim, slender. 2 *rarely* False, treacherous.
langach,** -aich, *s.m.* Ling.
langadal,(DMC) *s.* Slow female—*Harris.*
langadar, -air, *s.m.* The top of duidhean, a kind of seaware longer and smaller than tangles.
langaiche, *s.f.* Slimness, slenderness. 2 Falseness. 3 Slender, slim person.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

langaid,* -ean, *s. f.* Horse-fetter—*Islay.* 2 ‡Guillemot—*Isles.*
langaideach, -eiche, *a.* Fettered, as a horse. 2 Of, or belonging to horse-fetters. 3 Like a horse-fetter.
langaidh,¶ *s.* Common guillemot, see eun-dubh-an-sgadain.
langaidich,(MS) *v.a.* Clog.
langain, *v.n.* Low, as a cow or deer.
————, *gen. sing.* of langan.
langair,** *s.m.* Seam. 2 Glutton.
langaire'(AH) *s.m.* Links and hook connecting muzzle iron of a plough and the big swingle-tree, commonly called the "bridle."
langais,(AH) *s.f.* Tow-rope.
langaiseachadh, *s.m.* Towing a boat by a rope from the shore. A' l—, *pr.pt.* of langaisich.
langaisich, *pr.pt.* a' langaiseachadh, *v.a.* Tow a boat along the shore.
langan, -ain, -an, *s.m.* Noise or bellowing of a deer, bray. 2 Noise, harangue. 3**Monotony of the human voice. 4**Cant. 5**Breast. 6 ** Shotten fish.
langanach, *a.* Continued bellowing or lowing, as a deer.
langanachd,** *s.f.* Diatribe.
langanaich, -e, *s.f.* Lowing, bellowing. 2 Monotonous sound. 3**Cant. 4(DMC) Yawning.
langanaich, *v.n.* Low, bellow, as a deer. 2 Make a monotonous sound.
langan-bràghaid, -ain-bh-, -an-b-, *s.m.* The weasand, windpipe.
langar, -air, -airean, *s. m.* Seam. 2 Fetter, chain. 3 Horse-fetter. 4 see langasaid.
langar-Ìleach, -air-Ìlich, -an-Ìleach, *s.m.* Lamprey.
langasaid, -ean, *s.f.* Kind of sofa, couch or settee. 2**Courtesy. 3**Crouching
làn-ghealach,** -aich, *s.f.* Full moon. Solus na làn-ghealaich, *the full moon's light.*
làn-ghéilleach, -eiche, *a.* Non-resistant.
làn-ghuin, *s.f.* Period, full stop in *writing.*
langrach,*a.* Full of chains or fetters—*Sàr-Obair.*
làn-laghadh, -aidh, *s.m.* Plenary indulgence.
làn-luach, *s.m.* Full price. Air a l., *at its full price.*
làn-mara, -àin-mh-, *s.m.* Tide, full or high tide.
làn-mhath, *adv.* Full well.
lànmhor, -oire, *a.* Full, complete, plentiful.
lann, -a, -ainne, -ainn & -oinne, *pl.* -an, *s. f.* Blade of a sword or knife. 2 Sword. 3 Lancet. 4**Knife. 5 Weapon, any bladed instrument. 6 Disc. 7 Scale of a fish. 8 Scale or rove, round piece of metal on which nails are clinched inside a boat. 9 Film. Lannan is itean an éisg, *the scales and fins of the fish*; l. na sgéine,*the blade of the knife* ; l. liomhaidh, *a polished sword;* l. thana, *a thin blade ;* ma liùbhras mi mo chlaidheamh, is ann an aghaidh na lanna, *if I give up my sword, it shall be point first*—i.e. you must fight for it ; tharruing iad an lann, *they drew their swords ;* l. Spàinndeach, *a toledo ;* l. a' bhàis air a shùil ean, *the film of death on his eyes.*
lann,* *v.a.* Scale, take scales off fish. 2**Put to the sword. 3 Exercise or fence with the sword
lann, lainn, -an & lanndaichean, *s.f.* Enclosure. 2 House. 3 Church. 4 Repository. 5 Stud, or boss, as on a shield. 6 Gridiron. 7 Scale (balance.) 8 *rarely* Land. 9 *rarely* Veil. 10 Corn-yard.
lannach, -aiche, *a.* Armed with swords. 2 Scaly, covered with scales. 3 Studded, bossy. 4** Gleaming, coruscant. 5 Bladed. Am bradan l., *the scaly salmon.*
lannachd, *s.f.* Scaliness.
lannadh, -aidh, *s.m.* Peeling. 2 Putting to the sword. 3 Sword exercise. 4 Scaling as of fish.
lannaibh, *dat. pl.* of lann.
lannair, *s.f.* Glitter, radiance, gleaming, reflection of rays from a polished surface. 2**Great flame. 3 Phosphoric glitter from fish scales in the dark, phosphorescence. 4(AF) Lanner, falcon, peregrine falcon. 5 (AF) Cow. 6 Splendour. 7(DMC) Calm or glitter caused by oil on water. Do shùil gun l.,*thine eye without radiance.*
lannair, *a.* see lannaireach.
lannaireach, -eich, *a.* Gleaming, glittering, shining, radiant, phosphorescent, burnished, beaming. 2 Fond of sword exercise. Clogaideau l., *gleaming helmets.*
lannaireachd, *s.f.* Gleaming, shining, radiance. 2 Sword exercise. 3 Feats of arms. 4 see loinnearachd.
lannair-sheilge,(AF) *s.f.* Hunt-gleamer hawk.
lann-amharc,** *s.m.* Amphitheatre.
lannan, *n.pl.* of lann.
lannar,** *a.* Bright, gleaming, beaming, radiant. Bu l. a shnuadh, *bright was his aspect.*
lann-bheach,(MS) *s.f.* Apiary.
lann-bhuidhne,** *s.f.* Garrison, barracks.
lann-chuisle, *s.f.* Lancet.
lanndaichean, *n.pl.* of lann.
lanndair, see lanntair.
lann-gleidhte,** *s.m.* Enclosed place, enclosure. 2 Repository.
lann-ghorm, -ghuirme, *a.* Blue scaled, having blue scales.
lannrach, -aiche, see lannaireach.
‡lannrach, -aich, -aichean, *s.f.* Vast flame,blaze, sudden conflagration.
lannrachadh, -aidh, *s.m.* Gleaming, glittering, glistening, flaming, shining.
lannraich, *v.n.* Gleam, glitter, shine, blaze, bespangle.
lannsa, *s f.* Gaelic spelling of *lance.*
lannsach, *a.* Furnished with lances or lancets.
lannsaich, *v.a.* Bleed, let blood.
lannsaiche, *s.m.* Lancer, pikeman.
lannsaid,(CR) *s.f. Gairloch* for langasaid.
lannsair, *s.m.* Gaelic spelling of *lancer.*
làn-sgaoilte, *a.* Full-spread.
lann-smig, *s.f.* Razor.
lanntair, -ean, *s.m.* Gaelic spelling of *lantern.* 2 Pantry, partition. 3(CR) Inner part of old houses—*Arran.*
lanntair,* *s.m.* Landscape, beautiful side of a country, full of wood and arable land, facing the sea.
lanntaireach, *a.* Furnished with lanterns. 2 Safe.
làn-phunc, -uinc, *pl.* -an & -annan, *s.m.* Full stop, period in *writing.*
làn-sgrùd, *v.a.* Examine minutely. 2 Catechize. 3 Consider fully.
làn-sgrùdadh, -aidh, *s.m.* Minute examination or consideration.
làn-shealladh, -aidh, *s.m.* Perlustration.
lan-shoilleir, -e, *a.* Very clear, refulgent. 2 Evident, fully seen or understood. 3**Notorious.
làn-shoilleireachadh, -aidh, *s.m.* Making clear. act of making perfectly clear or intelligible. 2**Brightening. A' l—, *pr. pt.* of làn-shoilleirich.
làn-shoilleireachd, *s.f.* Full or complete light.
àn-shoilleirich, *pr. pt.* a' làn-shoilleireachadh, *v.a. & n.* Make quite clear. 2 Become quite clear or evident. 3**Become bright.
làn-shoilleirichte, *past pt.* Made quite clear. 2 Become quite clear.
làn-shoillse, *s.f.* Perfect or clear light. 2 Per-

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

fect day, broad daylight. L. na gealaich, *the light of the full moon ;* l. na gréine *the universal light of the sun.*
làn-shoillseach, -eiche, *a.* Giving perfect light. 2 Giving general light.
làn-shoillseachadh, -aidh, *s.m.* Giving of perfect light, act of dispensing perfect and general light, lighting wholly and completely. A' l—, *pr.pt.* of làn-shoillsich.
làn-shoillsich, *pr. pt.* a' làn-shoillseachadh. *v.a. & n.* Give perfect or complete light. 2 Make quite clear or evident.
làn-shoillsichte, *past pt.* Perfectly or completely lighted. 2 Made quite clear or evident.
làn-shùil, -shùla, -shùilean, *s.f* Full eye.
làn-shùileach, eiche, *a.* Full-eyed, having full eyes.
lànta,(MS) *a.* Abundant.
làntachd, *s.f.* Plethora, amplitude.
†lantair, see lanntair
làn-thlachd, *s. f.* Perfect liking, full contentment.
làn-thoil, *s.f.* Full satisfaction. 2 Concurrence. 3 Satiety.
làn-thoileach, *a.* Fully satisfied, quite contented. 2 Quite willing. Tha mi l., *I am quite contented.*
làn-thoileachadh, -aidh, *s.m.* Giving or act of giving complete satisfaction. A' l—, *pr.pt.* of làn-thoilich.
làn-thoilich, *v.a.* Give full or complete satisfaction. 2 Please to the utmost.
làn-thoilichte, *past pt.* Perfectly satisfied, well pleased, quite contented.
làn-tholl, -thuill, *s. m.* Perforation.
làn-tholladh, -aidh, *s.m.* Perforation.
làn-thorach, *a.* Fully pregnant.
làn-ùghdarach, -aiche, *a.* Having full power, plenipotent.
làn-ùghdarach, -aich, *s.m.* Plenipotentiary.
làn-ùghdaras, ais, *s. m.* Full power, full authority.
laob,(AF) *s.m.* Cow.
laobh, *a.* Partial, prejudicial.
lao'cionn, see laoigh-cionn.
laoch, -aoich, *s.m.* Hero, champion, warrior. 2 Term familiarly used in applauding a youth.
laochail, -e, *a.* Heroic, brave, soldier-like. 2 Enterprising. 3 Chivalrous.
laochaileachd, *s.f.* Heroism, bravery.
laochalachd, see laochaileachd.
laochainn, *s.m.* Spiritless fellow—*Suth'd.*
laochan, -ain, *s.m.*, *dim.* of laoch. Little hero. 2 Young champion. 3 Familiar term in addressing or applauding a man or a boy. 4 Would-be hero. Sin thu fhéin a laochain ! *that's your sort, my little hero*;—a boy is almost always addressed by this term.
laochar, see laochmhor.
laochmhor, -oire, *a.* Heroic, brave, soldier-like, chivalrous. Giùlan l., *heroic conduct ;* gu l., *heroically.*
laochmhorachd, *s.f.* Heroism, bravery.
laochraidh, *s.m. & f.* [Not *pl.* as given by McL & D] Heroes, warriors. 2‡‡ Infantry. 3** Militia, 4* Corps of reserves for emergencies. Dh' eug an l. gharg, *the band of fierce warriors has perished.*
laochraidheach,(MS) *a.* Heroic.
laochraidheachd,(MS) *s.f.* Heroism.
laodag, see lùdag.
laodhan,‡ -ain, *s. m.* Heart of a tree. 2 Pith of wood. 3 Pulp, as of potatoes, wood, &c. 4**Marrow. 5 Remains of potato when seed slips are cut off (also glaothan & glaoghan.) 6 Glutinous substance. Brigh á l. nam maoth-shlat, *juice from the pith of twigs.*
laodhanach, -aiche, *a.* Pithy, having pith, as wood. 2**Marrowy.
laogh, -aoigh, *pl.* laoigh & laoghan, *s.m.* Calf, the young of a cow or deer. 2 Term of endearment for a child. 3*Friend. Is binn guth laoigh á beinn, *pleasant is the voice of a fawn from the mountains ;* mo laogh geal ! *my dear soul—lit.* my white calf, which looks comical when translated—the English use 'ducky' in the same sense ; A laoigh mo chridhe ! *my darling !* Oidhche Shamhna theirear gamhna ris na laoigh, *at Hallow Eve calves are called stirks.*
laoidh, *s.f.* Pith of wood—*Islay.*
laoghach, -aiche, *a.* Abounding in fawns or calves. 2 see laghach.
laoghail, -e, *a.* Calf-like.
laoghain, *s.f.* see laodhan, 2.
laoghainn, *s.f.* Linen gauge—*Sgeulaiche-nan-caol.*
laogh alluidh, *s.m.* Fawn.
laoghan, *s.m.*, *dim.* of laogh. Little calf. 2 see laodhan. 'S a l. 'ga leanntainn, *and her young (deer) following her—Beinn Dóran.*
laoghanach, -aiche, *a.* Abounding in little calves. see laodhanach.
laoghar, see ladhar.
laogh-bailceach,(AF) *s.m.* Fair, strong calf.
laogh-bailgfhionn,(AF) *s.m.* White-bellied calf.
laogh-balgain,(WC) *s.m.* Imitation calf, stuffed calf used to deceive the cow, her own calf's skin being used, tulchan-calf.
laogh-eilid,(AF) *s.m.* Fawn.
laogh-féidh,‡‡ *s.m.* Fawn.
laoghfheòil,** *s.f.* see feòil-laoigh.
laogh-gogain, *s.m.* Calf brought up by hand. 2 "Mammie's pet."
laogh-ligheach, *s.m.* Newly-calved cow.
laogh-lus, see lus-nan-laogh.
laogh-meadair,(WC) *s.m.* Calf brought up by hand.
†laoi, see là & làithean. 2 Hire. 3 Tail.
laoicionn, see laoighcionn.
laoidh, -ean, *s.m.* Verse. 2 Hymn, sacred song. 3 Poem or song in general. 4* Anthem.
laoidh, *a.* Exciting, animating.
†laoidh, *v. a.* Exhort, admonish. 2 Excite, animate.
laoidheach,** *a.* Hymnal. 2 Exhorting. 3 Admonishing. 4 Exciting.
†laoidheadh, -idh, *s.m.* Exhorting. 2 Advice. 3 Hymn-singing. 4 Excitement.
laoidhean, -ein, *s.m.* Pith, pulp, marrow.
laoidheanach, *a.* Pithy, pulpy.
laoighcionn,‡ *s.m.* Tulchan-calf, calf-skin. L. laoigh, *calf-skin* ; l. searraich, *colt's skin.*
laoighfheoil, see feòil-laoigh.
†laoi-leabhar, -air, -bhraichean, *s.m.* Diary, day-book, journal.
laoim, *gen.sing.* of laom.
laoim,** *v.n.* Lodge or fall flat to the ground, as standing corn.
laoim,(DMK) *s.f.* Shift. Gheibh mise laoim mo chridhe ort, *I will be revenged on you to my heart's content—W. coast of Ross.*
laoimte, *past pt.* of laoim. Lodged, lying on the ground, as a corn crop.
laoineach, -eiche, *a.* Handsome, elegant, neat, shows, stately. 2** Foppish. Òg l., *an elegant youth.*
laoir, *v.a.* Drub most lustily.
laoireadh, -idh, *s.m.* Rolling in the dust or mire.
†laoi-reult, -a, -an, *s.f.* Morning star.
laoisg,(DMC) *s. f.* Number of little ones, litter, rabble.
laoisgean, see laoighcionn.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

laom, -aoim, -an, *s.m.* Crowd. 2 Blaze of fire. 3 Sudden flame. 4 Gleaming. 5 Overgrowth without fruit.

laom, *pr.pt.* a' laomadh, *v.a. & n.* Lodge, fall to the ground, as corn from exuberant growth. 2 Cause to lodge or fall to the ground. 3 (C R) Go to shaw or tops (of potatoes.)—*Skye.*

laomach, -aiche, *a.* Glittering, gleaming, blazing. 2 Crooked, curved, as the shores of a lake.

————,(DU) *s.f.* Piece of land where corn falls flat from exuberant growth.

laomachd, *s.f.* Crookedness. 2 Winding, curvature. 3 Gleaming.

laomadh, -aich, *s.m.* Blazing. 2 Abundance, abounding. 3 Falling to the ground, lodging of corn.

laomaich,(WC) *s.f.* Lodged corn or grass. Cha robh ann ach l., *it was only lodged corn.*

laomaidh, *a.* Loamy.

laom-chrann,†† *s.m.* Main beam, rafter.

laomsgair, -e, *a.* Great, prodigious, vast. 2 Fierce, fiery, bold. 3**Abundant. Coire is laomsgaire bàrr, *a dell with most abundant crops*—i. e. a grassy dell.

laomsgaireachd, *s. f.* Vastness, greatness, prodigiousness. 2 Fierceness, furiousness, barbarity. 3 Abundance.

laomsgiorra, *a.* see laomsgair.

laomsgiorrachd, see laomsgaireachd.

laomta, *past pt.* Lodged, laid to the ground, as corn.

laomunn, -uinn, see leòmann.

laor, *s.m.* Toe, see ladhar.

laoran, -ain, -an, *s.m.* Person too fond of the fireside.

laos-boc, -uic, *s. m.* Castrated goat, wether goat.

laosg,(CR) *s.m.* Rabble.

lap,(WC) -an, *s. m.* Defective spot in colour painting or dyeing.

lapach, -aiche, *a.* Faltering, stammering. 2 Feeble, decrepit, impotent,spiritless. 3 Slim. 4 Frost-bitten, benumbed. 5 (MS) Lame.

làpach, -aiche, see làbanach.

làpach, -aich, *s.f.* Marsh, swamp, bog, puddle.

làpach, *a.* Skinny.

lapach, *a.* Benumbed. 2 Frost-bitten. 3 Inactive. 4 Awkward. Neo-l. 'sa chòmh-strì, *active in the combat.*

làpachadh, -aidh, *s.m.* Benumbing, state of becoming benumbed, feeble or spiritless. 2 Becoming swampy or marshy. Tha mo làmhan air l., *my hands have become benumbed.* A' l., *pr.pt.* of lapaich.

lapachas, -ais, *s. m.* Faltering or stammering habit. 2 Feebleness, impotence. 3 Sluggishness. 4 Pliability.

làpachas, -ais, *s.m.* Swampiness, bogginess. 2 Benumbedness. 3 Failing. 4 Mistake.

lapadan, -ain, *s.m.* Species of sea-fish.

lapadh, -aidh, *s.m.* Paw. 2 Claw. 3 Clumsy fist.

lapaich, *pr.pt.* a' lapachadh, *v.a & n.* Be benumbed or stupified, become feeble or spiritless. 2 Benumb, stupify. 3 Become frost-bitten. 4* Flap. 5 Flag, lag. Fear nach l, clachain-meallain,*a man whom hailstones cannot benumb.*

lapaiche, *s.* Lameness. 2 Debility.

lapaichte *past pt.* Benumbed, stupified, enfeebled. 2 Frost-bitten.

lapan,(AH) -ain, *s.m.* Sound of footsteps with wet feet, noise made by water in boots.

lapan,(WC) *a.* Spotted, as in colours.

làpan, see làban.

làpanach, -aiche, see làbanach.

lapanach,(DU) *a.* Lame. 2 Feeble, physically unfit.

làpanach, -aich, *s.m.* Full-grown individual who is undersized although sinewy and muscular.

lapasdair,(MMcD) *s.m.* Clumsy, inactive, awkward fellow. L. duine, *a clumsy fellow.*

lapraich,(MS) *v.n.* Lap.

lapra naich,(MS) *v.n.* Lap.

làr, see làir.

làr, -àir & -a, *s. m.* The ground, earth. 2 Floor, ground floor. 3** Centre. 4 Low ground. 5 (CR) Applied to the floor of any room when formed of stone, clay or earth, in *W. of Ross.* Air l., *on the ground, on the floor ;* a' dol mu l., *going to nought ;* cuir mu làr e, *abrogate it;* mu l. *forgotten, neglected ; 2 lost ; 3 abolished ;* do thùineadh mu l.,*thy dwelling underground;* nèamh is l., *heaven and earth.*

làr, *a.* see làn. Làr-bhurraidh, *a complete blockhead.*

làrach, -aich, -aichean, *s.f.* Site of a building, vestige. 2 Ruin. 3 Field of battle, scene of a battle. 4 Habitation, abode. 5 Farm. 6 see làireach. 7(DMC) Mark, scar. An l. nam bonn, *on the spot—lit.* in the print of the soles.

làrach, -aiche, *a.* see làireach.

làrag, *s.f.* Larch-tree.

làr-bhrat, -bhrait, *s.* Carpet.

làr-chaibe,(AH) *prov.* for caibe-làir.

làr-mhaide, see làir-mhaide.

†larum, -uim, Gaelic spelling of *alarm.*

larumach, *a.* Giving an alarm or warning.

las, *pr.pt.* a' lasadh, *v.a. & n.* Kindle, light. 2 Get into a passion, enrage. 3 Sparkle, flash, shine. 4 Burn, blaze, gleam, inflame. L. an teine, *kindle the fire ;* l. a' choinneal, *light the candle.*

las, *s.* Flame.

las, *a. W. of Ross.* for lasach.

lasach,-aiche, *a.* Slack, loose, loosened. 2 Fiery, inflammable. 3 Not firm.

lasachadh, -aidh, *s.m.* Slackening, loosening, act of slackening. 2 Remission, cessation, relaxation. 3 Relief. 4 Ease. A' l—, *pr.pt.* of lasaich. Tha na teudan air l., *the strings have become loosened ;* fhuair e l., *he got relief ;* beagan lasachaidh, *some relaxation.*

lasachail, *a.* Anodyne, antalgic.

lasachd, *s.f.* Looseness, slackness.

lasaiche, see lasachd.

lasadair, -ean, *s.m.* Inflamer.

lasadan, -ain, *s.m.* Match to set on fire with.

lasadh, -aidh, *s. m.* Lighting, act or state of lighting. 2 Blazing, shining. 3 Flame. 4 Flaming. 5 Flush, blush. 6(MS) Animosity. 7 Lust. 8 Lace. 9 Inflaming. L. na h-oidhche, *the flame of night (a beacon);* a' cur lasaidh 'na gruaidhibh, *giving a flush to her cheeks.* A' l—, *pr. pt.* of las.

lasag, -aig, -an, *s.f.* Little flame or blaze, scanty fire. 2 Fit of anger. 3 Faggot. 4 Passionate woman. 5 Combustible substance.

lasagach, -aiche, *a.* Burning in little flames. 2 Blazing. 3 Combustible. 4 Passionate.

lasaich, *pr.pt.* a' lasachadh, *v.a.* Slacken, loose. 2 Ease, relieve. 3 Remit. 4 Intermit. 5 Give over, cease. 6 Flag, lag. L. an còrd, *slacken the rope* ; nach l. thu ? *will you not give over ?*

lasaichear, *fut.pass.* of lasaich.

lasaichte, *past pt.* Slackened, loosened, eased, relieved.

lasail, -e, *a.* Fiery, inflammable.

lasair, -srach & -sair, *pl.* -sraichean, *s.f.* Flame, flash of fire. 2 Spark. 3 Flashy young fellow. L. feirg, *a flame of anger* ; o chumhachd na lasrach, *from the power of the flame.*

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

lasair-chéire, *s.f.* Waxlight, candle-light.
lasair-chlach, -chloïche, *pl.* -sair-chlachan, *s.f.* see clach-lasair.
lasair-choille, -srach-, -sraichean-coille, *s. f.* Goldfinch—*carduelis elegans.* 2** Woodpecker.



409. Lasair-choille (1) 410. Lasair-choille. (2)

lasair-choille,¶ *s.f.* Green woodpecker—*picus viridis.*
lasaireach, *a.* see lasrach.
lasair-lèana,§ *s.f.* Spearwort, see glas-leun.
lasan, -ain, -an, *s.m.* Anger, passion. 2 Fit of passion. 3 Flame of wrath. 4 Spark.
lasanta, -ainte, *a.* Fiery, passionate, subject to fits of anger. 2 Brave. 3 Hot.
lasantachd, *s.f.ind.* Fierceness, fieriness, passionateness. 2 Inflammableness. 3 Ardour.
lasarach, see lasrach.
lasarachail, see lasrachail.
lasarachd, see lasrachd.
lasarra, *a.* Combustible. 2(MS) Acrimonious. 3(MS) Ardent. 4(MS) Hot.
lasartha, see lasradh.
lasd,** -aisd, *s.m.* Ballast. 2 Lading.
lasdach, -aiche, see lastanach.
lasdachd, *s.f.* Lordliness.
lasdadh, *s.m.* Lace.
làsdadh,(MS) *s.m.* Lastery.
làsdail, *a.* Lordy, imperious, saucy, boastful. Air tionndadh an diugh cho làsdail, *has become to-day so lordly—Duanaire. 166.*
lasdaire, see lasgaire.
làsdalachd, see lastan.
lasgaire, -an, *s.m.* Youth, young man, "spark," fop, beau, dandy. 2 Champion. 3** Macaroni.
lasgaireach, -eiche, *a.* Foppish, beauish.
lasgaireachd, *s.f.* Foppishness, beauishness.
lasgan,(AH) -ain, *s. m.* Slight outburst. L. gàire, *merry peal of laughter* ; l. gaoithe, *fresh breeze.*
lasganta, *a.* Ardent.
lasgar, -air, -ean, *s.m.* Sudden noise.
lasgarra, *a.* Active, brave, fiery. 2 see lasarra. 3 see lasgaireach.
lasrach, -aiche, *a.* Flaming, burning, emitting flames. 2 Combustible. 3 Passionate.
lasrach, *gen.* of lasair.
———, -aich, *s,m.* Flames, flashes of light.
lasrachail, *a.* Flaming, burning, gleaming. 2 Combustible.
lasrachd, *s. f.* Combustibleness, tendency to kindle or flame.
lasradh,** -aidh, *s.m.* Flaming, burning, gleaming.
làsradh, *s.m.* Lastery, red colour.
lasraich,* *s.f.* Conflagration.
last,** see lasd.
lastain, *s.f.* Hem, fringe, edge.
làstan, -ain, *s.m.* Pride, sauciness, lordliness, boasting for nothing.
làstanach, -aiche, *a.* Proud, lordly, saucy, imperious, overbearing.
làstanachd, *s.f.* see lastan.
lasuchadh, see lasachadh.
lasuich, see lasaich.
†lat, *s.m.* Foot.
†lath, -aith, *s m.* Youth. 2 Champion. 3 Dog.
làth, *pr.pt.* a' làthadh, *v.a. & n.* Benumb, be benumbed. 2 Besmear.
latha, *pl.* -chan & làithean, see là.
làthach, -aich, *s. f.* Clay, mire. 2 Puddle, swampy place. 3††Soft clay on the sea-shore. 4 Mortar. 5 Sea-weed, sea-ware. 6 Stuff drifted to the shores of a sea or lake. Post an l., *tramp the mortar.*
làthachach,** *a.* Cloddy. 2 (DC) Muddy, boggy. 3 Clayey.
làthachail, -e, *a.* Religinous, limous. 2**Muddy, marshy, puddly. 3** Full of seaweed or seaware.
lathachan, *n.pl.* of là.
làthadh, -aidh, *s.m.* Besmearing. 2 Act of besmearing. A' l—, *pr.pt.* of làth.
làthaich, *s.* Moss, moor, peat-moss—*Suth'd.* 2 (DMK) also Mud—*W. coast of Ross.* 2 (DC) Clay, mud on shore.
lathaichean, *n.pl.* of là.
lathail, -e, *a.* Daily.
lathailt, -e, -ean, *s. f.* Knack, art, method. 2 Limit, bound. 3* Mould, shape. 4 see laithilt. Cuir an l., *arrange* ; fhuair mi an l. air, *I have got the knack of it.*
———each, -eiche, *a.* Having a knack or right method of doing anything, methodical. 2 Adequate. 3 Becoming. Gu l., *aptly.*
———eachd,** *s. f.* Method. 2 Methodicalness. 3 Adequateness. 4 Seemliness. 5 (DC) Bragging—*Argyll.*
làthair, -e, *s.f.* Presence, existence, company, sight. †2 Victory. Na tig an l., *do not present yourself* ; mach as mo làthair ! *out of my presence* ; an l. a chéile, *face to face, in the presence of each other* ; cum as an l., *keep out of sight.* (an làthair is not an *adv. & a.* as given by McL & D and Armstrong, but always a *s.*) An làthair, Present. 2 Near, at a small distance. 3 Alive, surviving, remaining. 4 Truly, indeed, verily. Am bheil e an l. ? *is he in existence ?* neas a bhios mi an l., *while I am present, while I live* ; am fear nach 'eil an l., *he that is no more*, or *he that is absent* ; an robh e an l. ? *was he present ?* gun chrioman an l., *without a morsel remaining* ; thoir an l., *produce, put down before me.*
lathaire,** *s. f.* Thigh. 2 (DC) Splay-foot—*Argyll.*
làthaireach,** *a.* Present.
———-—d, *s.f.ind.* Presence, company. A l., *his bodily presenee.*
†lathar, -air, -ean, *s.m.* Acquisition. 2 Provision. 3 Hidden meaning, mystery. 4 Secret, private story. 5 Strength, vigour. 6 Knowledge. 7 Assembly. 8 Place of meeting. 9** Narrative.
làthar, *s.* see (an) làthair.
làth-leabhar, see leabhar-là.
lathrach, -aich, see làrach.
lathus, *s.m.* see spealt.
là-traisg, *pl.* làithean-t-, *s.m.* Fasting-day.
———aidh, *Gairloch &c.* for là-traisg.
le, *prep.* With, together with, in company with. 2 With, by, by means of. 3 In possession of. 4 In favour of, on one's side. 5 Along with, down with, down with the current. 6 In estimation of, with, in feeling or sentiment. Bhuail e i le cloich, *he struck her with a stone* ; tha e le 'r càirdean, *he is along with, in the in-*

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

terest of, or *he belongs to, our friends ;* b' fhada le Seumas an là, *James felt the day tedious ;* sìth le d' anam, *peace with thy soul*, le mnaoi, *by means of a woman ;* le seo, *by the way*, le d' chead, *by your leave ;* iad-san is le Criosd, *they who are Christ's ;* na dealbhan bu le a h-athair, *the pictures that were her father's ;* le d' chead, *by your leave.*

Thus combined with the personal pronouns : leam, *with me*, leat, *with thee ;* leis, *with him ;* leatha, *with her* ; leinn, *with us ;* leibh *with you ;* leò, *with them. Emphatic forms :* Sing. 1 leam-sa, 2 leat-sa, 3 *m* leis-san, *f.* leatha-sa ; plur. 1 leinne, 2 leibh-se, 3 leò-san.

lea, see leatha.

lèab, -a, -an, *prov.* for leòb.

leaba, see leabaidh.

leabach, *gen. sing.* of leabaidh.

lèabach, -aiche, *a.* see leòbach. 2**Awry. 3** Awkward, staring.

leabachadh, -aidh, *s.m.* Imbedding. 2 Lodging. A' l—, *pr.pt.* of leapaich. Tha 'n t-uisge a' l. an seo, *the water is lodging here ;* a' l. 'nam fheòil, *imbedding in my flesh.*

leabachan, -ain, -an, *s.m.* Bedfellow.

leabachas, -ais, *s.m.* Lodgment.

leabadh, see leabaidh.

leabag, -aig, -an, *s.f.dim.* of leabaidh. 2 Little bed.

lèabag, -aig, -an, *s.f.* **Auricle. 2**Flap. 3 **Anything that hangs broad and loose. 4 **Leaf of a door.

lèabag, -aig, -an, *s.f.* Flounder—*pleuronectus solea.* 2**Loch Lomond flounder—*pleuronectes Leviniæ.* 3 Sole (fish.)



411. Lèabag (1.)

leabagach, -aiche, *a.* Abounding in little beds.

lèabagach, -aiche, *a.* **Flapped. 2 Hanging loose. 3 Folding, as a door. Dorus l., *a folding door.*

lèabagach, -aiche, *a.* Abounding in flounders.



412. Lèabag-bhrathainne.

lèabag-bhrathainne,(AF) *s.f.* Turbot.

lèabag-bhreac, *s.f.* Plaice—*Lewis.*

lèabag-chèarr,(AF) *s.f.* Sole (fish.) ill. 413.

lèabag-chlogaide, *s.f.* Beaver (hat.)



413 Lèabag-chèarr.

lèabag-ghlas, *s.f.* (*Lewis*) Flounder. 2 Sole.

lèabag-leathann, (DC) *s.f.* Halibut—*E. coast.*



414. Lèabag-mhór.

lèabag-mhór, *s.f.* Plaice (fish.)

lèabag-uisge, *s.f.* Whitch

leabaich, *pr.pt.* a' leapachadh, *v.a.* Imbed. 2 Lodge, as water.

leabaichean, *n.pl.* of leabaidh.

leabaidh, *gen.* leapa & leapach, *pl.* leapaichean, *s.f.* Bed, couch. 2 Channel of a river. 'Na l., *in his bed ;* a l. dhoilleir, *its gloomy channel ;* l. lùthaidh, *or* l. thogalach, *a folding bed ;* l. chùl-béince, *a bed intended for the promiscuous repose of a family and of guests*—it was formed by the cottage wall on one side, and by the trunk of a tree or a plank on the other, with a sufficient quantity of heath, fern or straw and some blankets ; l. chloimh *or* l. itean, *a feather-bed ;* l.-chònnlaich, *or* l.-fhodair, *a straw-bed* ; l.-fhraoich, *a heather-bed ;* l.-luachrach, *a bed of rushes ;* l.-mhuill, *a chaff-bed ;* l.-na-taoim, l.-thaoim, l.-na-taoma *or* l.-taomaidh, *place where the water gathers for the baling-dish.*

leabaidh-laoigh,(DU) *s.f.* Uterus (of the lower animals.

leabaidh-loisgte,(CR) *s.f.* Ricochet—*Gairloch.*

leabaidh-rìghe,(CR) *s.f.* Ricochet—*Lochbroom.*

leabaidh-righe. *s. f* Bier or bed on which a dead body is straightened.

leabaidh-shiùbhladh, see luighe-siùbhladh.

lèabh, see leugh.

——adh, -aidh, see leughadh.

†**leabhadh**, -aidh, -aidhean, *s. f.* Race, generation.

leabhaireachd,(MS) *s.f.* Reading.

leabhar, -air, -bhraichean, *s.m.* [*f.* in *Badenoch*] Book, volume. Leabhar Eòin (given by Mac-Alpine, apparently for leabhar sheun), *a book full of receipts for witchcraft and incantation :* l.-ùrnuigh, *a prayer-book ;* an l. dearg, *the Red Book, a MS. collection of ancient Gaelic poetry.*

leabhar, *a.* see leobhar.

leabhar-ceasnachaidh, } *s.m.* Catechism.
leabhar-ceasnaich, }

leabhar-cheangladair, see leabhar-cheanglair.

leabhar-cheangladh, -aidh, *s.m.* Bookbinding.

leabhar-cheanglair, -ean, *s.m.* Bookbinder.

leabhar-cheist, *s.m.* Catechism.

leabhar-chlàr, -àir, *s. m.* Pasteboard. 2 The "boards" of a book.

leabhar-choimhead, *s.* Book-keeping.

leabhar-chòir,** *s.f.* Copyright.

leabhar-chuimhneachain, *s.m.* Album. 2 Note-book.

leabhar-cùnntais, *s.m.* Account-book.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

leabhar-fhiach, -air-, -bhraichean-fiacha, *s. m.* Ledger, account-book.
leabhar-là, *s. m.* Diary, journal. 2 Account-book.
leabhar-làimh, *s.m.* Manual.
leabhar-lann, -ainn, -an, *s.m.* Library.
————-air,** *s.m.* Bookseller.
leabhar-poc, *s.m.* Pocket-book.
leabhar-reiceadair, *s.m.* Bookseller.
————————eachd, *s.f.* Bookselling, business of bookselling.
leabhar-reicear, see leabhar-reiceadair.
leabhar-thràth-eachdraidh, -air-, -bhraichean-, *s.m.* Chronicle. 2**Minute-book.
leabhar-ùrnuigh, *s.m.* Prayer-book.
leabhodach, see lethbhodach.
leabhrach, -aiche, *a.* Bookish, abounding in books.
leabhrach,** -aich, *s.f.* Library.
————an, -ain, -an, *s.m.* Pamphlet.
leabhrachan-cràbhaidh, *s.m.* Manual.
leabhradair,* -ean, *s. m.* Publisher, editor, author.
leabhradan, -ain, -an, *s.m.* Library.
leabhragan, -ain, -an, *s.m*, Library.
leabhraiche,* *s.m.* Librarian. 2 Bookseller.
————an, *n.pl.* of leabhar.
leabhran, -ain, -an, *s.m.*, *dim.* of leabhar. Little book, manual, pamphlet.
————ach,†† *a.* Abounding in small books.
leabhrathair, see lethbhrathair.
leabhruadair, see lethbhruadair.
leabhruich, see lethbhruich.
leab-luidhe,** *s.f.* Confinement to bed. 2 Lying in bed.
————each,** *a.* Bed-ridden.
†leac,** *v.a.* Flay. 2 Destroy.
leac, lice [& **lic] *pl.* leacan, *s.f.* Flag, slab, flat stone. 2 Tomb-stone. 3 Plate, as of metal. 4 Slate to write on. 5 Declivity. 6 Cheek. 7‡‡*poetically* Hill, declivity, summit of a hill. 9 (DMy) Ledge of rock jutting out from the foot of a cliff on the foreshore, and covered by the sea at flood tides. 8 House. Taobh na lice, *at the side of the tomb-stone;* gu l. an rìgh, *to the king's house;* do 'n òg-mhnaoi a b' àillidh leac, *to the virgin of fairest cheeks*; l. an teallaich, *the hearth-stone;* l. an teintein, *the hearth;* l. eidhre, *a sheet of ice;* mbaolaich an leac a bhàrr, *the plate blunted its (the tool's) point.*
leacach, -aiche, *a.* Abounding in tomb-stones, flags, plates or slabs. 2‡‡Having large cheeks. 3**Slaty. 4 Flat. 5*Granite. 6 Having declivities. Sron l., *a flat nose.*
————, -aich, -ean, *s.f.* The bare summit of a hill. 2** *s.m.* Side of a hill.
————adh, -aidh, *s.m.* Paving, act of paving or laying with flat stones. A' l—, *pr. pt.* of leacaich.
leac-a'-chealaich, *s.f.* Flue-stone of kiln, see under àth.
leacadan,** -ain, *s.m.* Chin-cloth, child's bib.
leacadair, *s.m.* Tiler.
leacadh,** -aidh, *s.m.* Destroying. 2 Laying with flags.
leacag, -aig, -an, *s.f.*, *dim.* of leac. Little flat stone or flag. 2**Slate.
——ach, -aiche, *a.* Abounding in small flat stones or slates.
leacaich, *pr.pt.* a' leacachadh, *v.a.* Pave or lay with flat stones. 2 Tile.
————te, *past pt.* of leacaich. Paved, laid with flat stones.
leacaid, -ean, *s.f.* Stroke on the cheek.
————each, -eiche, *a.* Placoid, plate-like.
leacainn, see leacann.
leacainneach, see leacannach.
leacainte, see leacanta.
leacan, -ain, -an, *s.m.* Navel-wort, wall-penny-wort, penny-leaf, penny-pies,—*cotyledon umbilicus.* 2**Little flag.

415. Leacan.

leacanachadh, -aidh, *s.m.* Making flat. 2 Act of flattening or making flat. A' l—, *pr. pt.* of leacanaich.
leacanaich, *pr.pt.* a' leacanachadh & a' leacanaich, *v.a.* Flatten, make flat. 2 Get inseparably fond of, as a child of a nurse. 3 (DMy) Lay awake in bed. 4 Recline and idle away the time outside. A' leacanaich air a leabaidh, *lying lazily on his bed.*
————te, *past pt.* of leacanaich. Flattened, made flat.
leacann, -ainn, -an, *s. f.* The broad side of a hill, broad slope, steep shelving ground. 2** Steep green surface. 3** Shelvingness. 4** Downhill. 5 Side of the head, cheek, see lethcheann. Sruth na leacainn, *the stream of the mountain-side.*
————ach,** *a.* Having steep surfaces. 2** Hilly. 3 Having large cheeks.
leacanta, -ainte, *a.* Laid with flat stones. 2 Full of flat stones or flags. 3 Stiff, precise, rigid, exact, punctilious, formal. 4 Forward, impudent. 5 Ceremonious. 6 Starched. 7 Neat.
————chd, *s.f.* Stiffness, rigidness, precision, exactness, punctiliousness. 2 Ceremoniousness. 3 Impudence, forwardness. 4 Neatness.
leac-an-tealaich, *s. f.* Flue-stone of a kiln, see àth. 2 (DMK) also Hearth-stone of a dwelling-house—*W. coast of Ross.*
leac-chrè, *s.f.* Tile.
leac-deighe, *s.f.* Flake of ice.
leachd, see leac.
——ach, see leacach.
——ann, see leacann.
leachdanntachd,(MS) *s.f.* Prolation.
leachlach, see lethchlach.
leachrun, see lethchrun.
†leacht, *s.f.* Lesson.
†————an, -ain, *s.m.* Lecture, lesson.
leac-iobairt,* *s.f.* Altar.
leaclach,* *s. f.* Granite.
leac-lighe, *s.f.* Grave-stone, tombstone, monumental slab.
leac-lithidh, see leac-lighe.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

leac-oighre, see leac-eidhre.
leac-ruaidhe, *s.* The rose (disease) when it is hard and flat.
leac-ruiteach, -eiche, *a.* Ruddy-cheeked. Ribhinn l., *a rosy, ruddy-cheeked girl.*
leac-shuaine, *s.f.* Tile. 2 (DMy) Slate.
leacta,** *past pt.* Flagged, paved with flags or slabs.
leac-thana, *s.f.* Lamina, very thin slab.
leac-theallaich, see leac-an-teallaich.
leac-uaighe, *s.f.* Grave-stone, tombstone.
leac-ùrlar, -air, *s.m.* Pavement, paved floor.
lèad, see leud.
lead,* see leadan. liodair in *Argyll*—DC.
leadain, *gen.sing. & n. pl.* of leadan.
leadair, *pr.pt.* a' leadairt, *v. a.* Mangle, rend, maim, bruise, torment. 2* Drub, lay hold of a person's hair in one hand and belabour him furiously with the other. 3 Abuse. 4**Massacre. 5††Trample on.
leadairt, *s.f* Tearing, mangling, maiming. 2 Abusing. 3 Massacring, massacre. Air an l. le geur lainn, *they being mangled by sharp swords.* A' l—, *pr. pt.* of leadair.
leadairt, *v.a.* see leadair.
————e,** *a.* Weary. 2 (DC) Draggled.
leadan, -ain, -an, *s.m.* Teazle—*dipsacus sylvestris.* 2 Notes in music. 3 Head of hair, long flowing hair, lock of hair, ringlet. [* gives Little pretty head of hair. 4 The Litany. 5 Barnacle goose, see cathan. 6††The Rosary L. bréige, *false hair.*

416. Leadan.

leadanach,** -aich, *s.m.* Cloth dresser.
————, -aiche, *a.* Musical, melodious. 2 Abounding in teazle. 3 Having long and fine hair. 4 Precise. 5 Belonging to the Litany.
leadan-an-fhùcadair,‖ *s.m.* Fuller's teazle—*dipsacus fullorum.*
leadan liosda,§ *s. m.* Burdock, see suirichean suirich.
leadarra, *a.* Harmonious, melodious, musical. 2 Elegant. 3 Sharp. 4 Mangling. 5 (AH) Fastidious in choice of words, (applied to children and others inclined to indulge in elegant and laboured platitudes.
————chd, *s.f.ind.* Harmoniousness, melodiousness. 2 Elegance. 2 (AH) Finicalness in conversational diction or choice of expressions.
leadhmann, see leomann.
leadraigeadh,(DMy) *s.m.* Leathering, flogging.
leafhacal, see leth-fhacal.
leag, *pr. pt.* a' leagail & a' leagadh, *v. a. & n.* Throw down. 2 Demolish. 3 Lay, lay down. 4 Lay with, as paving. 5 Cool. 6††Fell. 7* Put down, as a wrestler.
Leagaidh mi thu, *I will knock you down;* l. do cheann far am faigh thu 'sa mhaduinn e, *lay your head where you will find it in the morning;* l. mi mo chas air an fhàradh, *I set my foot on the ladder;* l. mi mo chas a dh' ionnsuidh a' chaisteil, *I bent my steps towards the castle;* l. mi m' uchd (*or* carraig m' uchd) air an t-snàmh, *I set forth swimming, began to breast the wave;* cha do l. a lùdag air feadan piobaire a b' fheàrr, *no better piper ever laid his little finger on a chanter;* leagaidh tu do chùrsa a' cheart thaobh a ghabh iad, *you will set your course in the precise direction they have taken,* chaidh amharus a leagail air, *suspicion was laid upon him;* cìs a leag na Lochlannaich air Albainn, *a tribute which the Lochlanners laid on Scotland;* l. iad peanas oirnn, *they laid penalties upon us;* leagadh dleasdanas cudthromach orra, *heavy responsibilities were laid on them;* feumaidh iad a bhi leagta ris a' bhreith sin, *they must bow to, be satisfied with that judgment;* thog a' Ghréig a cùis a dh' ionnsuidh nan rioghachdan móra, agus dh' aontaich i bhi leagta le 'm breith-san, *Greece appealed, and brought her case before the Great Powers, and agreed to abide by their decision;* leig bunait, *lay a foundation.*
leagach,** *a* Dilatory. 2 Dowdy.
leagadh, -aidh, *s m.* see leagail. An Leagadh, *Adam's fall.*—††
leagaid, *s.m.* Legate. 2 Offering.
leagail, *gen.* leagalach, *s. f.* Fall. 2 Throwing down, act of throwing down or demolishing. 3 That part of a boat that is flattened out before building up the sides. 4 (DMC) Laying down. An am togail na sìthne agus a leagalach, *between descrying the game and bringing it down.*
———— -shaighdear, *s.m.* Uist game, see propatairéachd.
leagair,** *s.m.* Idler. 2 Jogger (man.)
————eachd, *s.f.* Lagging.
leagait, see leagaid.
leagarra,†† *a.* Plausible, smug. 2 Insinuating. 2 Self-satisfied. *Argyll.*
†leagfadh, -aidh, see leagadh.
leagh, *pr.pt.* a' leaghadh, *v.a. & n.* Melt, cause to melt. 2 Melt, dissolve, become liquid. 3 Fuse. 4 Thaw. 5 Smelt. L. mo chridhe, *my heart melted.*
lèagh, see leugh.
leaghach, -aiche, *a.* Soluble, that can be melted, colliquent.
†leaghad, -aid, *s.m.* Bandage, band.
leaghadach, -aiche, *a.* see leaghach.
leaghadair, -ean, *s.m.* Melter, smelter, founder.
————eachd, *s.f.ind.* Melting, process of melting or smelting, foundry.
leaghadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Melting, act of melting, dissolving. 2 State of becoming liquid. A' l—, *pr.pt.* of leagh.
†leaghan, -ain, -an, *s.m.* Liquor, liquid.
leaghantachd, *s.f.ind.* Liquescency.
leaghta, *past pt.* of leagh. Melted, smelted, molten, dissolved, become liquid. An lomhaigh l., *the molten image.*
————ch, -aiche, *a.* see leaghach.
leaglaidh, *s. pl.* Rushes.
leaghtach, see leaghach.
leagta, *a.* & *past pt.* of leag. Thrown down, demolished. 2 Laid down. 3 Resolved, intent upon, bent on. 4 Let fall, overturned, thrown. 5 (DMK) In agreement with. 6 ** Felled. Tha mi leagta le sin, *I agree with that.*
lealamh, see lethlamh.
————ach, see lethlamhach.
lealg,** *pr.pt.* a' lealgadh, *v.a.* Lick.
lealgadh, -aidh, *s.m.* Licking. A' l—, *pr.pt.* of lealg.
leam, *prep.pron.* With me. 2 By me. 3 In my favour, on my side. 4 In my opinion or estimation. 5 Along with me. 6*By my means. 7 My property.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

Is leamsa seo, *this is mine*; thalla (falbh) leamsa, *come along with me*; rinneadh sin leamsa, *that was made by me*; agus thubhairt e "cò is leamsa? " *and he said "who is on my side?"* is doirbh l. a chreidsinn, *I can hardly believe it*; is soirbh leam sin a chreidsinn, *I can easily believe that*; thar, dar, ar, leam, *I would suppose, I think*; leig l., *let me alone*; leig l. i, *let her accompany me*; is math l. sin, *that pleases me*; cò leis an cù? tha e leamsa, *or* is leams' e, *whose is the dog? it is mine*; shaoil l., *I thought*; théid l., *I will prosper*; l. fhéin, *alone, by myself*; ge b' oil l., *in spite of me*; bu mhithich l. sgeul fhaotainn, *it seemed to me time to get information*; leam leat, *fickle—lit.* with me and with you; ar leam gu'm bheil, *I think that it is so*; marbhar leam e, *he will be killed by me.* For many idiomatic compounds formed by *is* and *leam*, see under *is*.

leàmann, see leòmann.

leamh, -a, *a.* Importunate, troublesome. 2 Flattering, mealy-mouthed. 3 Silly, foolish, insipid, jejune. 4 Raw. 5 Pertinacious. 6 Officious. 7 Unmannerly, impertinent, saucy. 8 Barefaced, shameless. 9 Fastidious. 10 Vexing, galling. 11 Busy. 12 Greedy. 13 Sneering—*Arran.* Bu l. leam, *I thought it galling*; nis bha seo l., *now this was galling*; blas l., *an insipid taste.*

leamh, (CR) *a.* Annoyed, provoked—*Arran.* Is mi tha l. dhe, *how annoyed I am with him.*

leamh, (DMy) *s.* Disgust, annoyance.

†leamh, leimh, *s.m.* Rower. 2 Elm. 3 Oar.

leamhach, -aiche, *a.* Flattering. 2 Insipid, tasteless. see also leamh.

———adh, (MS) -aidh, *s. m.* Harassing, irritation, annoyance.

———as, -ais, *s. m.* Importunity. 2 Pertinacity. 3 Indiscreetness. 4 Impertinence, impudence, sauciness. 5 Fastidiousness. 6* Vexation. 7 Insipidness. 8 Greediness. 9 Foolishness, silliness. 10 Irksomeness. 11 (MS) Plague.

leamhachd, *s.f.* see leamhachas.

leamhad, -aid, *s.m.* Degree of importunity, pertinacity, impertinence, impudence, sauciness, or vapidness.

leamhadair, (MS) *s.m.* Molester.

leamhadas, *s.m.* see leamhachas.

leamhadh,** -aidh, *s. m.* Marsh mallows—*althæa officinalis.*

417. Leamhadh.

leamhadras, -ais, see leamhachas.

leamhaich,‡‡ *v.a.* Plague, tease, aggrieve, irk, harass, exasperate.

———ead, -eid, *s.m.* Degree of insipidity.

leamhan,** *s.m.* Inner rind of a tree. 2 Rower. 3 Moth (for leòmann.) 4 Night butterfly. 5‡‡Pith of wood. 6 (MMcD) Quern-wedge —*Lewis.*

leamhan, *gen.* -ain & leamhna, *s.m.* Elm, the elm-tree—*ulmus campestris.* 2 Wood of the elm-tree.

418. Leamhan.

leamhanach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, elm-trees or elm-wood. 2‡‡Having much pith of wood.

leamhan-bog,§ *gen.* -ain-buig [McL & D. gives also leamhna-buig for the *gen. sing.*, which would imply that it is sometimes *f.*] *s. m.* Hornbeam—*carpinus betulus.*

leamhar, see leobhair.

leamhas, see lethmhas.



419. Leamhan-bog.

420. Leamhnach.

leamh-dhàn, -dhàine, *a.* Forward, insolent. 2 Foolhardy. 3 Importunate.

———achd, *s.f.* see leamh-dhànadas.

———adas, -ais, *s. m.* Forwardness, insolence. 2 Foolhardiness. 3 Importunity.

leamh-ghàire,** *s.* Smile.

leamh-lachd,** *s.f.* Sweet milk. 2 Insipid milk.

leamhnach,§ *s.* (? *f.*) Common tormentil, blood-root, potentil—*potentilla tormentilla.* [** gives leamhnachd, Common tormentil, septfoil—*tormentilla erecta.*]

leamhnachadh, -aidh, *s.m.* Stopping. 2 Growing insipid.

leamhnachd, see leamh-lachd. 2 see leamhnachd.

leamhnad,‡ see leamhragan.

leamhnadan, see leamhragan.

leamh-nàire, *s.f.ind.* Bashfulness, foolish shame, coyness.

———ach, -eiche, *a.* Bashful, coy.

———achd, *s.f.* see leamh-nàire.

leamhnan, ———achd, leamhnanan, } see leamhragan.

leamhragan, -ain, -an, *s.m.* Pimple on the eyelid, stye.

leamhran, see leamhragan.

leamhranan, see leamhragan.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

leamlachd, see leamhnachd.
leam-leat, *a.* Double-faced, fickle, infirm of purpose. Teanga l., *a deceitful tongue;* duine l., is fhèarr leat na leam, *the double-faced man, let him be your friend, not mine.*
-———, *s.* Deceit, fickleness, irresolution. 2 Fickle person.
leamnacht,‡ see leamhnachd.
leamsa, *emphatic form* of *prep.pron.* leam.
lèan, léin, *s.m.* see lèana.
lean, *pr. pt.* a' leantuinn, [a' leanmhuinn, a' leanachd, a' leanail & a' leanailt,] *v. a. & n.* Follow. 2 Pursue, chase. 3**Trace. 4 Adhere, stick, cleave to. 5 Continue. 6 Persevere. 7**Imitate. L. sinn iad, *we followed them;* lean e ri m' làmhan, *it adhered to my hands*; leanadh mo theanga ri m' chìobhall, *let my tongue cleave to my jaw;* ma leanas an uair tioram, *if the dry weather continues;* lean mar sin, *persevere thus;* na l. orm na's fhaide, *don't importune me farther;* lean mise, *follow me*—the Breadalbane Campbells' motto; l. gu dlùth ri cliù do shinnsre, *follow close the fame of your forefathers*, supposed to be Ossianic, being said by Fingal to Oscar—a common motto for so-called Gaelic and Highland societies.
lean, *v.a.* see leun.
†lean, *s.m.* Sorrow, ruin.
lèana, -n, *s.m.* Meadow. 2 Swampy plain. 3 **Field of luxuriant grass, green.
leanaba (a l— !) *voc.pl.* of leanabh.
leanabach, see leanabanta.
leanabachas, see leanabachd.
leanabachd, *s.f.* Infancy, childhood. 2 Boyhood. 3 Childishness, pusillanimity. 4 Boyishness, boyism. 5**Dotage.
leanabaidh, -e, *a.* Childish, puerile, infantile. 2 Having many children. 3**Pusillanimous. 4 Boyish. 'Na aois l., *in his dotage.*
———-—, *s.dim.* of leanabh—*Suth'd.* =bairnie.
———--——eachd, see leanabachd.
leanabail, see leanabanta.
leanabainte, *a.* see leanabanta.
leanabalachd, see leanabachd.
leanaban, *n., gen. & dat.pl.* of leanabh.
———-—, -ain, -an, *s. m. dim.* of leanabh. Infant, little child. 2 *in derision*, Silly person. 3 Petted child, spoilt child. M' aon l., *my only child.*
-———ach, -aiche, *a.* see leanabanta. 2** Spoiled or petted as a child.
-———achd, see leanabachd.
leanabanta, *a.* see leanabaidh.
leanabantachd, see leanabachd.
leanabas, -ais, *s.m.* see leanabachd.
leanabh, leinibh, *s.m.* Infant, child. 2 *in derision*, Childish person.
Thus declined :—

Nom. Sing.	leanabh	*Plur.* leanaban
Gen.	leinibh	leanaban
Dat.	leanabh	leanaban
Voc.	a leinibh !	a leanaba !

leanabh-altruim, *foster-child, nursling.*
——— -cìche, *a babe.*
——— -gille, *male child.*
——— -liùdhach, } *puppet, doll.*
——— -liùdhaig, }
——— -mic, *male child.*
——— -nighinne, *a female child.*
leanabhan, see leanaban.
leanabh-luasgadh, -aidh, *s.m.* Rocking, as of a cradle.
leanabuidh, see leanabaidh.
———-—eachd, see leanabachd.
lèanach, -aiche, *a.* Swampy, marshy.
leanachadh, -aidh, *s.m.* Pressing out, making thin. A' l—, *pr.pt.* of leanaich.
leanachd, *prov.* for leantuinn.
leanadail,** *a.* Attendant.
†leanadar, *v.* They followed—*Irish form.*
lèanag, -aig, -an, *s.f.dim.* of lèan. Small meadow or lawn.
leanaich, (DMC) *pr. pt.* a' leanachadh, *v. a.* Make thin, flatten out, press out bread, as in the last process of kneading in making scones.
leanail, } *prov.* for leantuinn, *pr. pt.*
leanailt, }
leanailteach, -eiche, *a.* Adhesive, adherent. 2 Persevering. 3 Enduring. 4 Incessant. 5 Following. 6**Clammy. Uisge l., *incessant rain;* l. air obair, *persevering at work.*
———-,* -eich, *s.m.* Adherent.
———-—d, *s.f.ind.* Adhesiveness, adhesion. 2 Perseverance, continuance, incessantness.
leanamhain,** *s.* Goods, substance. 2 Spouse, sweetheart. 3 Pet. 4 Concubine.
lèanan, -ain, *s.m.* Haugh.
leanar, *fut.pass.* of lean. Shall be followed.
leanartach,§ -aich, *s.m.* see leamhnach.
lèan-ghobhrag,(AF) *s.* Snipe, see gobhar-athair.
leanmhuinn, *s. m.* Following, act of following, or pursuing. 2 Adhering, adherence. 3 Emulation. 4* Kindred, clanship, bond of connection, tie of kinship. 5**Tracing. 6** Imitation. 7**see leanamhain. A' l—, *pr.pt.* of lean.
Tha l. a thaobheiginn eatorra, *there is some bond of connection or clanship between them;* tha iad a' l. air an teaghlach sin, *they have some claim on that family;* tha e a' l. orm-sa seo, *he claims this from me, he insinuates his claim to this from me;* a luchd-leanmhuinn, *his followers, kindred, vassals, minions;* 'gam l., *following me.*
leanmhuinneach,** *s.m.* Follower, adherer.
———-—, -eich, *a.* Following, pursuing. 2 Adherent, adhesive. 3 Importunate. 4 Emulative. 5* Having claims of kindred. 6** Tracing. 7**Clammy.
———-—d, *s.f.* Adherence, adhesion. 2 Incessantness.
leanmhuinniche,** *s.* Adherent, adherer, follower.
leann, -a, *pl.* -tan & -taidhean, *s.m.* Ale, beer. 2 Liquor, drink. 3 *pl.* Humours of the body. 4 (AC) Pool (for linne.) 5 *rarely* Coarse cassock. 6 Coat of mail. 7**Sore, ulcer. Deoch leanna, *a drink of beer*; taigh-leanna, *a beer-house;* droch leanntan, *bad humours;* l. caol, *small beer;* l. laidir, *strong beer;* eadar dhà leann, *'twixt sinking and swimming* (*lit.* between two liquids, i.e. the upper and lower water; *2 water-logged, as a boat.*
leannach, -aiche, *a.* Abounding in ale.
-———, -aich, see leannachadh.
-———adh, -aidh, *s.m.* Suppurating, state of suppurating, suppuration. 2 Inflammation. 3 Ulcer, ulceration. 4 Boil. A' l—, *pr. pt.* of leannaich.
-———ail,** *a.* Ulcerous, like an ulcer. 2 Suppurating, tending to suppurate. 3 Causing ulceration or suppuration.
leannaich, *pr.pt.* a' leannachadh, *v.a.* Suppurate. 2 Ulcerate.
-———-—te, *past pt.* of leannaich. Suppurated.
leannain, *gen.sing. & n. pl.* of leannan.
leannair,** *s.m.* Brewer.
leannan, -ain, -an, *s.m. & f.* Spouse. 2 Lover, mistress, concubine. 3 Sweetheart, beloved person, pet, darling, gallant. L.-peacaidh, *darling sin;* l. òinsich, *an idiot's choice;* l.-sìth, given in the Bible for *a familiar spirit*, but it really means *a fairy sweetheart.*

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

leannanach, -aiche, *a.* Amorous, gallant, having many sweethearts. 2 Intriguing. 3 Buxom. 4 Wanton.
leannanachd, *s.f.ind.* Courtship, gallantry of lovers, intriguing, blandishment, dalliance. 2 Flattery. 3‡‡Whoredom, fornication.
leannan-locraidh, -ain-locraidh, *s. m.* Level, spirit-level.
leann-caol, *s.m.* Small beer.
leanndan, see leanntan.
leann-dubh, -uibh, *s. m.* Sadness, melancholy, melancholia, tears, dejection. Bha 'n l. air, *he was dejected ;* tha e (mi) fo l., *he is (I am) dejected.*
————ach,** *a.* Melancholic, despondent, hypochondriac.
leann-geur, *s.* Alegar, sour ale.
leann-goile, *s.m.* Chyle.
leann-goirt, *s.m.* Alegar. sour ale.
leann-làidir, *s.m.* Strong beer.
leann-loisgte, *s.m.* Dregs from distilling whisky. 2 Dregs from which ale is brewed.
leann-luibh, *s.* Hop, see lus-an-leanna.
————each, *a.* Abounding in hops. 2 Of, or pertaining to, hops.
leann-meirbhidh, *s.m.* Chyle.
leannra, *s.m.* Sauce, condiment. 2 Soup. 3 Aleberry.
leann-ràcadail, *s.m.* Ginger beer.
leannradh, see leannra.
leann-ruadh, -aidh, *s.m.* Choler, anger.
————aidh, *s.m.* Choler.
leanntaidhean, *pl.* of leann.
leanntalach,(MS) *a.* Livelong.
leann-tàlaidh, *s.m.* Allurement, power of enticing by charms.
leann-tàth, -a, *s.m.* Cement. 2 Solder. 3 Humours of the body. Chaill sinn uil ar l., *we have all lost our esprit-de-corps* (or *stamina*—AH.)
————, *v.a.* Cement. 2 Solder.
leann-tàthaidh, *s.m.* Callus fluid. 2 Cement. 3 ††Animal spirits in the body.
leanntan,* *s. m.* Anger. 2 *pl.* of leann. The passions, the humours, the vapours.
leanntras, -ais, *s.m.* The vapours, humours of the body.
leann-ubhall, *s.m.* Cider.
leantach, -aiche, see leanailteach.
————, -aiche, *a.* Subjunctive (in *grammar.*)
lèantach, -aich, *s.f.* Country of plains, place abounding in plains. 2*Extensive plain.
leantail, *a.* Sticking. 2 Following.
leantalach, (MS) *a.* Adherent, gummy 2 Importunate. 3 Persevering. 4 (DMC) Following. L. air 'obair, *persevering at his work ;* tha 'n glaodh l., *the glue is adhesive ;* l. air an uisge, *raining incessantly.*
————d,(MS) *s. f.* Adherence. 2 Pursuance. 3 Success. 4 Track. 5 Continuance.
leantalas, *s.m.* see leantalachd.
leantuinn, *s.m. & pr. pt.* Following, act of following, pursuing. 2 Adhering, state of adhering, cleaving, see leanmhuinn.
————each, -eiche, *a.* Successive.
————eachd, *s.f.* Adhesiveness.
leapach, *gen.sing.* of leabaidh.
leapachan, -ain, -an, see leabachan
————, *n.pl.* of leabaidh.
leapaich, see leabaich.
leapaichean, see leabaichean.
leaphunnd, see lethphunnd.
lear, *s.m.ind.* The sea, *poet.* 2 The surface of the sea. 3 see learg-mhadaidh. Bhuail i gu lear, *she made towards the sea.*
†lear, *a.* Clear, discernible.
learach, for leathrach.
learag,§ -aig, -an, *s.f.* Larch-tree—*pinus larix.* 2 Larch-wood.
————ach, -aiche, *a.* Abounding in larch-trees.
†lear-dhromain, *s.m* Ridge of a hill.
learg, -eirg, -an, *s.f* Rain-goose. 2 (AF) Cormorant 3 see learg-mhadaidh.
learg, leirg, -an, *s.f.* Plain, plain field. 2 Little eminence, small hill. 3 Beaten path. 4 Shore, sea-coast, beach. 5 ‡‡Sloping declivity of a hill. 6**Field of battle. 7** Surface of the sea. 8 The sea. 9* Sloping place exposed to sun and sea. 10**Sloping green, green slope.
learg ! (DU) *int.* Term of contempt - Slowcoach!



421. Learga.

learga,¶ *s.f.* Black-throated diver—*colymbus arcticus.*
————ch, -aiche, *a.* Steep, sloping. 2 Having many slopes. 3 Of, or connected with plains, or 4 with Rain-geese. 5‡‡Beachy. 6 (DU) Slow, inert.
learga-chaol,¶ *s. f.* Red-throated diver, see learga-mhór.
learga-dhubh,(AC) *s.f.* Black-throated diver.
learga-fairge,¶ *s. f.* Red-throated diver, see learga-mhór.
leargaidh,** *s.f.* Slope of a hill. 2 Side of any high eminence.
leargainneach,** *a.* Sloping. 2 Steep. 3 Having steep pasture-ground.
leargair,** *s.m.* Sluggard. 2 Sailor.
learga-mhór,¶ *s.f.* Red-throated diver—*colymbus septentrionalis,* see ill. 422. 2(AC) Black-throated diver.
learga-mhór chaol, see learga-mhór,
leargan, -ain, -an, *s.m.* Sloping green, side of a hill.
————ach, -aiche, *a.* Sloping. 2 Having sloping greens.
leargann,** -ainn, *s.f.* Small sloping green field. 2 Side of a green hill. 3 Steep pasture ground. 4 Slope of a country side.
learga-uisge,¶ *s.f.* Red-throated diver, see learga-mhór.
learg-choileach dhubh, see learg-choilearach

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN



422. Learga-mhór.

dhubh.
learg-choilearach, (*lit.* ringed or collared diver) *s.f.* Black-throated diver.
learg-choilearach dhubh, *s.f.* Black-throated diver.
learg-mhadadh, -aidh,(AF) *s. m.* Dog-fish, sea-dog, sea-fox.
learguin, see leargainn.
learman,§ -ain, *s.m.* Wood-rush, see luachar-coille.
learthag, see laireag.
lear-thaod,** -aoid, *s.m.* Spring-tide.
lear-thoid,** *s.m.* Football. (for leath-throid)
lear-uinnean,§ *s. m.* Squill (*lit.* sea-onion.) - *scilla verna.*

423. Lear-uinnean.

leas, -a, *prefix.* Nick-, step-, additional.
leas,** *a.* Proper, fit. Cha leas cadal gu moch, *it is not fit to go to sleep early*—i. e. going to sleep early is no advantage.
lèas, -eòis, *prov.* for leus.
leas, leis, leasraidh, see leis, *s. f.*
leas, -is, *s.f. prov.* for lios.
leas, *s.m.ind.* Benefit, advantage, profit, good. 2**Improvement. 3**Reason, motive. 'S e a bh' air do leas, *it is he that had your interest in view;* cha'n e mo leas a bh' air t' fhaire, *it was not my interest you had in view;* na'm bitheadh e air do leas, *if he had your interest at heart;* cha ruig mi leas, *I need not.*
——ach,* -aiche, *a.* Trifling. 2 Sheep-shanked.
——ach, -aich, *s.m.* Manure, see leasachadh.
——ach,** -aiche, *s.m.* Rennet. Baigean leas-aich, *a rennet-bag.*
lèasach, -aich, *prov.* for leusach.
leasachadh, -aidh, *s.m.* Improving, act or state of improving, amending, benefiting, repairing or correcting. 2 Improvement, reparation, amendment, correction. 3 Manuring. 4 Dung, manure. 5 Increasing. 6 Appendix. 7 Guerdon. A' l—, *pr. pt.* of leasaich. A' l. an fhearainn, *manuring the land;* a' l. a' ghnothaich, *improving the thing;* a' cur a mach an l., *carting dung, laying out manure;* cha l. air sin an ni sin, *that is no reparation for that affair;* chum leasachaidh, *for correction.*
leasachail, -e, *a.* Improvable, that may be put to rights, corrigible.
leasachail, -e, *a.* Escharotic, caustic, epispastic, producing a blister on the skin.
leasachair, *s.m.* Improver, reformer, repairer. 2 Amender.
leasaich, *pr. pt.* a' leasachadh, *v. a.* Rectify, correct, amend, repair. 2 Supply. 3 Fill, replenish, renew. 4 Improve. 5 Manure, cultivate. 6 (DU) Increase. L. an ni sin, *improve that thing;* l. am fearann, *manure the land;* l. do bheusan, *correct your morals;* l. an eibhle, *put fuel on the fire;* a' bhean a l. an stòp, *the woman who filled the tankard.*
leasaiche, -an, *s.m.* see leasachair.
leasaichte, *past pt.* of leasaich. Rectified, corrected, amended, improved, repaired. 2 Supplied, filled, replenished. 3 Manured. 4 Advanced. 5**Renneted, as milk.
leas-ainm, -ean, *s.m.* Nick-name.
————each, *a.* Apt to give nick-names.
leasan, -ain, *s.m.* Gaelic spelling of *lesson.*
leas-athair, -ar, -athraichean, *s.m.* Step-father.
leas-bhrathair,** *s.m.* Step-brother.
leasdair, *s.m.* Lamp. 2 Light, effulgence. 3** Crack.
†leasg,** *s.f.* Hood. 2 Rod. 3 Spot of ground.
leasg, *a.* see leisg.
leasg,** -eisg, *s.f.* Rain-goose.
leasgach, -aiche, *a.* Lurkish.
leasgan,(MS) *s.m.* Drone.
————ach,†† -aich, *s.m.* Cripple, deformed person.
leas-inghean,** -inghinn, *s.f.* Step-daughter.
†leas-luan,** -ain, *s.m.* Step-son.
leas-leathann,‡‡ -ainn, *s.* Beaver.
leas-luidhe,** *s.f.* Reclining, leaning.
leas-mhac, -mhic, *s.m.* Step-son.
leas-mhàthair, -ar, -mhàthraichean, *s.f.* Step-mother.
leas-mhursaid,** *s.f.* Gallon.
leas-nighean, -nighinn, -nigheanan, *s. f.* Step-daughter.
leas-òifigeach, *s.m.* Non-commissioned officer.
leas-phiuthar, -pheathar, -pheathraichean, *s.f.* Step-sister.
†leasrach, -aich, *s.m.* Thigh. 2 Loins.
leasradh, see leasraidh.
leasraidh, *s. f. coll.* The loins.
————each, -eiche, *a.* Lumbar.
leas-righ, *s.m.* Regent.
leastair, -ean, *prov.* for fleisdear.
leastaireachd, see fleisdearachd.
leastar,** -air, *s m.* Small boat. 2 Cup, vessel. 3 Furniture of a house. 4 Vessels of a house. 5 Stale butter. 6(AF) Milk-dish.
leasuich, see leasaich.
leat, *prep.pron.* With thee. 2 By thee. 3 To thee. 4 Along with thee. 5 In thine opinion or estimation. 6 In thy favour. 7 You, yours. Bithidh mi leat, *I will be with you;* ciod th' air leat ? *what think you?* an leat seo ? *is this yours ?* seo leat ! *here's to your health !* tha mo ghuidhe leat, *my desire is the same as yours;* leig leat, *said by one who knows things are not as they have been related by the other;* nach truagh mi leat ! said to a guest who does not take as much as is offered to him ; also used as an equivalent to *what a nuisance you are !* cha téid sin leat, *that will not succeed with you* ; coma leat e ! *never heed him !*

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

leatach,(CR) *a.* Remote, isolated—*Perthshire.*
leath, -an, *s.m. prov.* for leth.
leatha, *prep. pron.* With her. 2 By her. 3 Along with her. 4 In her opinion. 5 In her favour. 6 Hers.
leatha, *comp.* of leathann.
leathachas, -ais, *s. m.* Partiality, unfairness, injustice. Na dean l. sam bith air, *show him no partiality.*
leathad, -aid & leòthaid, *pl.* leoidean, *s.m.* Declivity, side of a hill, slope, half-ridge, broad slope, brae. [A' dol le leathad, *declining, going downhill.*
———ach, *a.* Declivitous.
leathag,** *s.f.* Plaice. 2 Flounder.
———an,‡ *s.* see liaghag & see stamh.
——— -bhan,(AF) *s.f.* Sole.
——— -dhearg,(AF) *s. f.* Flounder, fluke.
——— -fior-uisg',(AF) *s.f.* Flounder.
——— -mhara,(AF) *s.f.* Turbot, talbot.
leathamaid,* *s.f.* Idiot.
leathanach, *s.m.* Hoar-frost—*Arran.*
leathann, leithne & leatha, *a.* Broad. 2 Spacious. "Leathann ri leathann is caol ri caol," *broad to broad and narrow to narrow,* an important rule observed by most writers of Gaelic, and which prescribes that the vowels next before and next after any given consonant in any given word shall be either both broad or both narrow, unless divided by a hyphen. Many of the past participles of verbs do not conform to this rule, but they are the only exception. [MacBain spells leathann *leathan.*]
———achd, *s.f.* Wideness.
leathar, *gen.* leathair, leathrach & leathraich, *s.m.* Leather. 2 Hide. L. fionnta an daimh òig, *the young ox's hairy hide;* bròg an leathrach, *leather shoes.*
——— -sginnein, see leathar-sginneir.
——— -sginneir, *s.m.* Buff-leather.
leatha-sa, *prep.pron., emphatic form* of leatha.
leathnaich, *v.* Flatten. 2 Malleate.
leathoir, see leth-oir.
leathrach, *gen.sing.* of leathar. [* and McL & D. give *nom.* leathrach, *gen.* -aich.]
———ail,‡‡ *a.* Leathery.
leath-throid,** *s.m.* Football.
leathuillinn, see lethuilinn.
leathunnsa, see lethunnsa.
leatrath see lethtrath.
leatrom, -truim, *s. m.* Burden, weight. 2 Grievance. 3 Injury. 4 Injustice. 5 Pregnancy (of women only.) 6 Oppression. 7** Counterweight.
———ach, -aiche, *a.* Burdensome, weighty. 2 Grievous, oppressive, unjust. 3 Pregnant (of women only.) Dh' fhas i l., *she became pregnant.*
———achd, *s.f.ind.* Pregnancy (of women only.) 2**Counterweight.
leatromas, see leatromachd.
leatruime, see leatrom.
Lebhitheach, *s.m.* Levite.
Lebhitheachail, *a.* Levitical.
le bruthach, *adv.* Downhill.
le chéile, *adv.* With each other, together. Mharbh e iad le chéile, *he killed them both.*
†leibeann,** -inn, *s.m.* Long stride. 2 Stretch.
leibh, *prep.pron.* With you. 2 In your favour, on your side. 3 By you. 4 In your opinion or estimation. 5 Along with you. 6 By your means. 7 Your property.
†leibheann,** -einn, *s.f* Deck of a ship. 2 Scaffold. 3 Gallery. 4 Side of a hill.
leibhidh,-ean, *s.f.* Race, generation. 2‡‡Swarm, multitude, levy.
leibhist,(DMy) *s.* Half idiot.
leibhliadhna, see lethbhliadhna.
leibhreac, see lethbhreac.
leibid, -ean, *s.m.* Trifle. 2 Trifling accident, mischance. 3 Term of contempt. 4††Dwarfish fellow. 5 ‡ Dirt. L. ort! *mischance befall you! fie! out upon you!*
leibid,* *s.f.* Paltry female. 2 Paltry consideration.
———each, -eiche, *a.* Trifling, mean, worthless, contemptible. 2 Accidental. 3 Awkward. 4 Avaricious. 5 Tawdry. 6 Shabby, vile. 7 Long-legged. 8 (DU) Annoying, vexatious. Is l. an taigh nach toill fear eile thathast, *it's a poor house that won't hold another still*—a very hospitable sentiment; is l. saoghal na sùlach, *paltry is the part of the world seen by the eyes.*
———eachd, *s.f.* Avarice, meanness, scantiness, pettiness, paltriness. 2‡‡ Silliness. 3‡‡ Awkwardness. 4**Tawdriness, shabbiness. 5 Worthlessness.
leibidean, -ein, *s.m.* Contemptible fellow, trifler. 'Nuair a gheibh an l. a staigh, 'se fear an taigh an truaghan, *when trifler gets in, pity the goodman of the house.*
léic, -e, *s.f.* Neglect.
leiceanta, see leacanta.
———chd, see leacantachd.
leiceas, see leigis.
leiceid,(CR) *Loch Tay* for leacaid.
léich, -ean, *s.m.* Physician. N'am b' urrainn mi, dheanainn léich dhuit, *if I could, I would act as physician to thee—Duanaire, p. 16.* (see léigh & lighiche.)
leicheathra, see lethcheathramh.
leicheid, *Blair Athole* for leacaid.
leicis, see leigis.
leid, *s. f.* †Longing, desire. 2 (MMcD) Shakedown or bed made on the floor.
léideach, -eiche, *a.* Strong, robust. 2 Shaggy, bristly.
———adh, *s.m.* Convoy.
†léidich, *v.a.* Convoy for a short way.
†léidig, see léidich.
léidig, *Caithness* for léitig.
léidinn,** *s.m.* Conduct.
———,** *v.a.* Convoy.
leidir,* *v.a.* see leadair.
leidire,(AF) *s.m.* Wolf.
léidmheach, -eiche, *a.* see léideach.
léig, -ean, *s.m.* see leug.

leig, *pr. pt.* a' leigeil & a' leigeadh, *v. a. & n.* Permit, allow. 2 Slip, as dogs to the chase. 3 Let out, let go, let off. 4 Milk, as cows. 5 Rain, commence raining. 6‡‡Apply to, commence. 7‡‡Break off, as an imposthume. 8 ‡‡Lay, lay upon. 9‡‡Set out. 10**Overturn. 11**Place. 12**Lower. 13**Diminish. 14 * Broach. 15* Fire. 16* Lance.

Leig (*or* ghabh) sinn oirnn, *we pretended, assumed;* leig ort a bhi tinn, *pretend to be sick;* cha do leig sinn dad oirnn riutha, *we disclosed nothing to them, we never made a sign to show them what we knew, we did not "let on" to them;* leig ris daibh, *explain to them;* duine ris an leigiun ris mo bhriathran, *one to whom I could unbosom myself.*

Leigidh mi an àth 'na teine, *I will set the kiln on fire;* leig aomadh anns a' phosta, *put the post in a slanting position;* leig as, *let go;* leig as na siùil, *unfurl the sails;* leig as an leac, *drop the flagstone;* leig as am ball langais, *let go the towing-rope;* leig mi e mu bharraibh nan tonn, *I dropped it into the waves, I confided it to the mercy of the sea.*

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

Leig na coin anu, *set the dogs at him* ; cum do chù ri a leigeil, *keep your dog till it is time to slip him* ; is tric a bha leigeadh fada aig fear gun chù, *a man without means* (*lit.* without a dog) *has often had a long slipping* (*i.e.* a long innings) ; leig chun a chéile iad, *let them at each other* ; leig air an adhart iad, *let them move forward* ; leig air, *begin, commence* ; leig iad ris na deagh ghadhair, *they let slip the good hounds at him* ; leig an t-saighead, an urchair ris, *let fly the arrow, the shot at him* ; leig an gunna, *fire the gun* ; leigidh mi peilear annad, *I will drive a bullet into you* ; a' cheud { dailanaich / bhraighteal / làmhach } a leig iad, *the first volley, broadside, they fired* ; leigidh mi fios chugad, dhuit, *I will send you word* ; leig gu a luim féin e, *leave him to his own resources, devices.*

Leig iad e gu radh a' chlaidheimh, na searraig, *they referred it, appealed, to the sword, to the bottle* (they made the sword or the bottle arbitrator) ; feumaidh tu leigeadh leamsa sin a ràdh, ars am breitheamh, *you must leave that to me to say, said the judge* ; leig sin an urra riumsa, *entrust that to me* ; leigeamaid chum tuigse a' mhinisteir teagasg a thoirt, *let us leave to the minister's judgment the question of the giving of teaching.*

Leig e cead ruith leis an tòrr bhuntàta, *he allowed the pile of potatoes to slide (in all directions)* ; leig cead dha, *let him alone* ; leig an linne, *let the water out of the reservoir* ; leig ruith leis an uisge, *let the water run forth* ; leig am moll leis a' ghaoith, *let the chaff go with the wind* ; tha fear ann a leigeas a mhaidean le sruth, *there is one that lets his wood go with the stream* ; leig am buideal, *broach, tap the barrel* ; leig an crodh, *milk the cattle* ; leig fuil, *lance for blood* ; leig an lionnachadh, *lance the tumour* ; an là a' brath leigeil fodha, *the day threatening to rain* ; leig e, *it has begun to rain* ; leig t' anail, *take it easy, take a breath* ; leig fead, *whistle (thou)* ; leig e glaodh as, *he uttered a cry* ; leig beum leis an sgòd, *let the sail-sheet suddenly out* ; leig sìos, *diminish, lessen* ; *2 let down* ; leig cuddthrom, *or* leig taic, *lean.*

Leig leinn e, *let him come with us ; let it go, so that we can take it with us* ; leig leinn, *let us alone, let us go on as we are* ; leig leat, *you may go on talking, acting as you are doing, if you wish, but I will be even with you later on* ; also said to one who is exaggerating ; leigidh mi sin leat, *I will make that concession to you, I will allow you that* ; leig iad leatha car treis, *they let her alone, let her go on for a while* ; leigidh sinn leis a' chùis an dràsd, *we will leave the matter alone just now* ; lagh a tha 'g òrdachadh leigeil leis a' ghiomach, *a law making a close time for lobsters compulsory* ; ruigidh na féidh aois mhór ma leigear leò, *deer reach a great age if left alone* ; cha leig mi leis an seo e, *I will not let the matter rest here* ; cha'n fhaigh thu leat e, *you shall not be allowed to carry it out, you shall not have your own way in the matter* ; cha leig iad leis a dhìth, *they will not allow him to perish* ; gu'n leigeadh Dia ! *God grant !* nar leigeadh Dia ! *God forbid !* cha leig i leis car a dheanamh, *she will not let him do a single hand's turn* ; cha leig an t-eagal leam, *fear will not permit me* ; cha leig an nàire leam, *shame will not permit me* ; leig mi leò faighinn as a' ghàbhadh a tharruing iad orra féin, *I let them get out of the difficulty which they had brought upon themselves.*

Leig dhomh an t-òran a chluinntinn, *let me hear the song* ; leig dha falbh, *let him go* ; leig iad siubhal a chas do 'n each iaruinn, *they let the iron horse start away* ; cha do leig e stad dh' a chois gus, &c., *he never halted until, &c.* ; leig dhuit, *go on your own silly way* ; leig da, *do not have any more to do with it* ; leig tàmh dha, *let it alone, give it rest* ; ma bha iad gu math, is math—'s mur robh, leigear dhaibh, *if they were good, all right—and if they were not, let them be* ; leigeamaid do 'n ghlaodh gus an cluinn sinn a rithisd e, *let the shouting be, let us take no notice of the shout, till we hear it again* ; na leig a dhìth a' Ghàidhlig, *let not the Gaelic language come to grief, die.*

Leig eadar sinn féin 's na biodagan, *leave us to fight it out with our dirks* ; na cuireadh sin dragh 'sam bith ort, leig eadar mise agus sin, *don't let that trouble you, I will manage that, leave it to me.*

Leig iad dhiubh a bhi 'gabhail cùraim, *they ceased taking precautions, they ceased to be concerned* ; leig iad dhiubh a' chlach-neart, *they ceased practising with the putting-stone* ; leig mi dhiom mo dhreuchd, *I resigned, relinquished my office* ; leig dhiot, *desist, cease* ; leig dhiot puinneag bheag de d' bhoile, *calm yourself a little.*

Leig e seachad a' chòmhrag, *he let the matter of the combat pass* ; leig seachad gus an ath àireamh e, *postpone it till next number* ; is i mo chomhairle-sa dhuit an oidhche 'nochd a leigeil le càch, *my advice to you is to do to-night as you have done on other nights* ; leigidh siad an eucoir thairis orra, *they will permit errors to pass*—said of book-critics.

leig, Often used for ruig in parts of *Argyll, Skye, &c.*, e.g. cha leig e leas, which is common for cha ruig e leas.

leig,** -e, *s.f.* Spade, mattock.

léig, *gen.sing.* of leug.

léig, *pl.* -ean, *s.f.* Marshy or miry pool.—*Lewis.* Name given by the Fingalian bards to a lake in Ireland.

leig-chritheach, *s.* Quagmire.

léige,(MS) *s.f.* League (3 miles.)

leigeadair, *s.m.* Spigot.

leigeadh, -idh, *s.m. & pr.pt.* Same meanings as leigeil.

léigeart,** *s.* Leaguer.

leigeas,** -eis, see leigis.

leigeil, *gen.* leigealach, *s.m.* Permitting, act of permitting, allowing or granting. 2 Milking, act of milking. 3 Letting go, letting out, letting off. 4 Setting on, urging, as of boys. 5‡‡ Applying. 6‡‡ Breaking, as of an impost thume. 7 Setting out. 8‡‡Raining, act of raining. 9‡‡ Throwing down. 10**Lowering. 11**Letting fall. 12** Overturning. A' l—, *pr.pt.* of leig.

leigeil, *s. m.* Letting go, the hand is lowered to let the spun thread run on to the reel of spinning-wheel.

léigh, -ean, *s.m.* Physician, surgeon.

léigh,* *s.f.* Medicine.

léigheadair, see léigh. 2**Pharmacopolist.

————eachd, *s.f.* Pharmacy.

léigheagan, -ain, -an, *s.m.* Stone superstitiously supposed to possess medical virtue.

léighean, -ein, *s.m.* Instruction, erudition.

————ta,** *a.* Proficient.

leigheas, -ghis, -an, *s. m.* Cure, remedy, medicine. 2 Healing, curing, act of curing. A' l—, *pr.pt.* of leighis. L. a dheanamh, *to wor*

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

a cure.
———ach, -aiche, *a.* Medicinal, curing, healing, remediable.
———achd, *s.f.* Curableness.
———adh, -aidh, see leigheas.
———aiche,** *s.m.* Physician.
———ail,(MS) *a.* Remediable.
——— -uisge, *s.m.* Hydropathy.
leigheil,‡‡ -e, *a.* Medical.
leighiche,(MS) *s.m.* Practitioner.
leighis, *pr.pt.* a' leigheas, *v.a.* Cure, heal, remedy.
———each, see leigheasach.
———eachd, see leigheasachd.
———te, *past pt.* of leighis. Cured, healed.
léigh-lann, -lainn, *s.m.* Dispensary.
léigh-loisg, *v.a.* Cauterize, burn with caustic.
léigh-losgadh, -aidh, *s. m.* Cautery, act of cauterizing. 2**Caustic. A' l—, *pr.pt.* of léigh-loisg.
leigis,§ *s.* Leek—*allium porrum.*
———each,** *a.* Abounding in leeks. 2 Like a leek.
leigiun,** -iuin, *s.m.* Gaelic spelling of *legion.*
leigte, *past pt.* of leig. Permitted, let out, let off. 2 Milked. 3‡‡ Set out. 4 Laid, laid upon. 5**Overturned. 6**Lowered, diminished. 7* Lanced.
léim, -ean & -eannan, see leum.
——, *v.a.* see leum.
leimhe, *comp.* of leamh.
———, *s.f.ind.* Sauciness, impudence. 2 Fastidiousness. 3**Simplicity, folly. 4**Importunity.
leine, for leithne, *comp.* of leathann.
léine, *pl.* léintean, *s.f.* Man's shift, shirt or smock. 2 Woman's chemise. 3 Shroud, winding sheet. 4††Jacket. Tha e as a l., *he has his coat off, nothing on but his shirt ;* gun chiste, gun léintean, *without coffins or shrouds;* léin'-iochdar, *under-shirt ;* léine-thuilinn, *shirt of twilled linen.*
léineag,†† -eig, -an, *s.m.* Little shirt.
———ach, *a.* Having little shirts.
léine-aifrionn, *s.f.* Surplice.
léine-bhàis, *s.f.* Shroud.
léine-bhàn,(AH) *s. f.* Distinctive smock, which transgessors of ecclesiastical law were at one time obliged to wear in church during public worship on one or more Sundays—also called "gùn odhar" and "gùn na h-eaglaise."
léine-bheag, (DU) *s.f.* Inner lining of an egg-shell.
léine-chaol, *s.f.* White linen shirt (i.e. the shirt that has fine threads used in weaving the material of which it is made.)
léine-chneis, Same as léine-chrios. Tha thu 'd dhalt aig a bhan-righinn, mar léine-chneis aig a bràthair, *you are the queen's foster-brother and the body-guard of her own brother—Filidh.*
léine-chrios, *s. m.* Confidant, intimate, attendant, valet.
léine-chròich,** *s.f.* Saffron shirt or mantle, so called from its being dyed with saffron. It was worn in former times, by people of rank among the Gael, especially in the Western Isles. It was an upper garment, and consisted of 24 ells, tied round the middle by a belt, and reaching below the knees.
léine-mhairbh,(DU) *s.f.* Shroud.
léine-sheacair,(MMcD) *s.f.* Narrow striped or pleated shirt.
leinibh, *gen.sing.* of leanabh.
——— -luasgadh,** -aidh, see leanabh-luasgadh.
leinn, *prep.pron.* With us. 2 By us. 3 To us. 4 In our favour, on our side, ours. 5 In our company. Leig leinn, *let us alone* ; thalla (falbh) leinn, *come along with us ;* bi leinn, *be on our side ;* cuir do làmh leinn *help us.*
leinne, *emphatic form* of leinn.
léinteach, *a.* Having shirts, shirted.
———, -eich, *s.f.* Shirting.
léinteag, -eig, -an, *s. f. dim.* of leine. Little shirt or shroud.
leiphiuthar, see lethphiuthar.
léir,** *a.* Visible. 2 That can see.
léir, *s.m.ind.* Sight, perception, power of seeing or being seen. 2(MS) Plague. Used with the *prep.prons.* dhomh, dhuit, &c., as, cha léir dhomh, *I do not see ;* an léir dhuit e? *do you see it ?* is léir dhomh e, *I see it ;* cha l. dhomh sin, *I cannot see that ;* is l. a bhuil, *the result is obvious ;* mar is l. dhomh, *as far as I can see ;* is math is l. dhomh, *I can see well ;* cha l. dhomh do dheireas, *I cannot perceive your deficiency.*
léir, *adv.* (i.e. gu léir) Altogether, wholly.
léir, *pr.pt.* a' léireadh, *v.a.* Pain, torment, distress, harass, suffer. 2 Wound. 3 Steal. 4 Trample. 5 Vex, oppress. 6 Pierce. 7 Thrill. 8 Aggrieve.
†léir, *s.m.* Aggregate.
†léir, -e, *a.* Conspicuous, open, plain, obvious, evident. 2 Destructive, terrible. 3 Wise, prudent. 4 Close, managing.
léir-chreach, *s.f.* Complete spoiling, utter devastation.
léir-chunntas, -ais, -an, *s. m.* Census, general numbering. 2**General calculation.
†leire, *s.m.* Austerity, piety.
léireadh, -idh, *s.m.* Paining, act of paining, tormenting, distressing. 2 Wounding. 3 Stealing. 4 Trampling. 5 Torment, oppression, harassing. A' l—, *pr. pt.* of léir. 'Gam l., *tormenting me, giving me the most acute pain ;* a' l. nan sléisnean, *paining the thighs.*
†léir-fholach, -aich, *s.m.* Canopy.
leirg, -e, -ean, *s.f.* see learg. 2†† see làirig.
†leirg, -e, -ean, *s.f.* Reason, motive. 2 Road.
léir-ghlac,** *s.* Engross.
leirin-sugach,§ *s.* Mushroom, see balg-losgainn.
leirist, -e, -ean, *s.m. & f.* Foolish senseless person. 2 Slovenly woman, slut. 3 Awkward person.
———each, -eiche, *a.* Senseless, stupid. 2 Sluttish.
léir-laghadh,** -aidh, *s.m.* Amnesty.
léir-mhillteach,** *a.* All-consuming.
léir-mheas,** *s. m.* General consideration. 2 Full or general estimate. 3 General view. 4 Census. 5 Balancing, weighing, pondering.
léirse,** *s.f.* see léirsinn.
léir-sgrios, -an, *s.m.* Utter destruction, complete ruin. 2**Carnage, massacre.
———, *v.a.* Destroy utterly.
———ach, -aiche, *a.* see léir-sgriosail.
———ail, -e, *a.* Destructive, utterly ruinous.
———ta, *past pt.* of léir-sgrios. Ruined, utterly destroyed. 2 Ravaged. 3 Defaced.
léirsinn, *s.f.* Vision, sight, seeing. 2 Intellect, understanding. 3 Insight, knowledge, perception. A' dalladh a l., *blinding his vision;* snitheach gun l., *tearful and blind** ; 2 leaky and dark*—applied to a house with rain coming through the roof (DMC); am bheil thu a' léirsinn ? *do you see ?*
léirsinneach, -niche, *a.* Seeing, perceiving. 2 Intelligent, discerning, enlightened. 3 Visible. Gu l., *visibly.*
———d, *s. f.* Light, vision. 2 Intelligence, understanding, sagacity. 3 Visibility.
léir-smuain, *s.m.* Consideration, reflection.
léirte, *past pt.* of léir. Pained, distressed. 2

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

Wounded, pierced. 3 Stolen. 4 Tramoled.

léirtneas, *s.m.* Two fourpenny lands (a measure of land.)

léir-thionail, *pr.pt.* a' léir-thional, *v.n.* Congregate, gather together, muster.

léir-thional, -ail, *s.m.* General assembly, general gathering, muster. A' l—, *pr. pt.* of léir-thionail. L. Eaglais na h-Alba, *the General Assembly of the Church of Scotland* ; l. chrodh, *a general gathering of cattle.*

leis, -e, -ean, *s.f.* Thigh. Sùil na leise, *the hip-joint.*

léis, *gen.sing.* of leus.

leis, *prep.pron.* With him or it. 2 In his company, along with him. 3 Being his property or right. 4 By means of, with what. 5 By, by reason of. 6 In favour of. 7 Belonging to. 8 Downhill. 9 Down the stream.

A' dol l., *going along with him* ; l. fhéin, *all alone, without assistance* ; l. an t-sruth, *down the stream* ; ciod leis a ghlanas an t-òganach 'uile shlighe féin ? *by what means shall the young man purify all his ways ?* cò l. thu ? *whose are you ?* tha mi leat-sa ma cheannaicheas tu mi, *I am yours if you bribe me well* ; is leis an duin' uasal seo mi, *I am the son* (or *daughter*, or *servant*) *of this gentleman;* ciod leis a ni thu e ? *by what means will you do it ?* co leis an téid thu ? *with whom will you go ?* leat-sa, *along with you* ; leis an dithis seo, *by means of these two* ; leis a' chabhaig, *on account of the hurry* ; is aithreach leis, *he regrets;* co leis a tha thu? *on whose side are you ?* leis a' ghaoith, *with the wind* ; leis a' bhruthach, *down the hill* ; leig e leis, *he fainted, fagged ; 2 he permitted him* ; bha leis gu'm faodadh e a h-earbsadh riutha, *he thought he might trust her with* (*to*) *them* ; cuiridh mi tuillidh neart leis a' chloich an ath uair a thilgeas mi i, *I will apply more strength to the stone the next time I throw it* ; an duine is leis iad (also, leis an leis iad *and* d' an leis iad,—bad idiom. MM) *the man to whom they belong.* [For other idiomatic uses of leis, see under *is.*]

In *Arran*, cuidich leat féin, *help yourself* ; cuidich leis leis an obair, *help him with the work* ;

In *Lochalsh*, thug mi leis e (*for* thug mi leam e), *I brought it with me* ; a' bhean leis an robh i, generally used to signify *the woman whose she was*, is in *Lochalsh* changed to, a' bhean a bha i leis. [DMK says that in Lochalsh such improper expressions, are only made use of by the younger people and that he has heard some of the older people express their disgust at them.]

leis,* *a.* Lee, leeward, larboard, (port) side of a vessel. Air an taobh leis, *on the larboard side;* am fearann leis, *the land to leeward* ; leig leis ! *slack sheet ! let go before the wind !* leis oirnn, *to leeward of us* ; cum leis oirnn, *keep to leeward of us* ; a' ruith leis, *running before the wind.*

leis-bheart, -eirt, -an, *s.f.* Armour for the thigh, cuish. 2 Trousers, breeches.

leis-bhrat, -ait, -an, *s.m.* Pair of trousers.

leisgioball,* -aill, *s.m.* Minion, vassal, creature.

leisdear, -ir, -an, see fleisdear.

leisdeireachd, *s.f.* see fleisdearachd.

leise,** *s.f.* Happiness.

——adh,** -aidh, *s.m.* Mocking.

leisg, -e, *a.* Lazy, indolent, slothful. 2 Loath, reluctant, unwilling. Duine l., *an indolent man* ; is l. leam, *I am loath* ; is l. leam cur a mach air, *I feel reluctant to cast out with him* ; is l. leis sin a dheanamh, *he feels reluctant to do that* ; gnothach a' ghille l. 'san fhogharadh —théid e fada leis, 's bithidh e fada ris, *the lazy fellow's business in harvest-time, he goes far with it and takes long to do it.* [* and †† spell this word "leisg," McL & D and give "leasg" and "leisg" but both prefer "leasg," ** gives "leasg" only, MM says "leisg" is wrong and "leasg" right but that the error has got into literature. "Leisg" is certainly the usual pronunciation at present.]

leisg, -e, *s.f.* [*m.* in *Badenoch.*] Laziness, sloth, slothfulness, indolence. 'S e an l. a thug ort sin a dheanamh, *sheer indolence made you do that* ; cha dean làmh na leisge beairteas, *the lazy hand will not earn riches.*

leisge, *comp.* of leisg. More or most lazy.

leisgeachd,‡‡ *s.f.ind.* Laziness, dulness.

leisgean, -ein, -an, *s.m.* Sluggard, lazy person. 2 Sloven. Seall thusa dhomh-sa an l., agus seallaidh mise dhuit-se am mèirleach, *you show me the sluggard, and I will show you the thief.* Another version is, baobach air an leisg' a th' ann, bheir i a clann chum na croiche, (confound that laziness, it brings its children to the gallows.)

leisgeanachd, *s.f.* Slothfulness, indolence.

leisgeanta, *a.* Slothful, lazy, indolent.

leisgeantachd, see leisgeanachd.

leisgear, see leisgean.

leisgeil, -e, *a.* see leisgeanta.

——-eachd, see leisgeanachd.

leisgeul, -eil, -an, *s. m.* Excuse, pretence. 2 Apology. 3 Defence (in law.) Gabh mo l., *excuse me* ; a l. sin doibh, *their own affair be it.*

leisgeulach, -aiche, *a.* Excusing. 2 Ready to make excuses. 3 Mediatory. 4 Excusable.

————-, -aich, *s.m.* see leisgeulaiche.

leisgeulachadh, *s.m.* Defence.

leisgeulachd, *s.f.ind.* Habit of making excuses, evasiveness. 2‡‡Excusableness. 3 Advocacy.

leisgeulaich,‡‡ *v.a.* Excuse, colour.

leisgeulaiche, -an, *s. m.* Excuser. 2 Mediator. 3 Deprecator.

leis-san, *prep.pron.*, emphatic of leis. With himself.

leistear, -an, see fleisdear. 2**Table.

——achd, see fleisdearachd.

†leite, see lite.

leiteachas,(DMC) -ais, *s.m.* Partiality, preference.

leith,(MS) *s.f.* Nerve.

leith, see leth.

lèith, *gen. & voc.* of liath. A dhuine lèith ! *O grey-headed man !*

leith-bhreac, -ic, -an, *s.m. & f.* see leth-bhreac.

leith-bhruthach, (DU) *s.f.* Gentle declivity.

leithcheann, see lethcheann.

leithchinn, see lethcheann.

léithe *comp.* of liath. More or most grey.

léithe, *s.f.* Greyness, greyishness. 2 Mouldiness, staleness, as of bread.

leitheach, -eiche, *a.* By half, half, as half-full. 2 Half-way through, half-way on a journey. L. làn, *half-full* ; l. bhruich, *half-boiled* ; dhùineadh tu do chluasan mu'm bithinn l., *you would close your ears before I had half* (*finished.*)

leitheach, see leathag.

leitheach-slighe,(DU) Half-way.

léithead, -id, *s.f.* Greyness, degree of greyness.

leitheag, see leathag.

leithid, -e, -ean, *s.f.* The like, equal, compeer, fellow. Is ainneamh a l., *his match is seldom met with* ; leithidean a chéile, *the very patterns of each other.* [*Leithid* is generally preceded by a possesive pronoun and not by an

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

article, as, a leithid seo, *the (his) like of this;* cha'n fhaca mi a l. riamh, *I never saw his (not the) like before;* in some cases the article is used, as an leithid mu 'n robh mi 'bruidhinn. *the like of which I was speaking.*]

leithinn, see leathann.

léithne, *comp.* of leathann. Broader, broadest.

———,** *s.f.* Breadth, broadness. 2 Extension.

———achd,** *s.f.* Breadth, spaciousness. 2 Extension.

———ad,** -neid, *s.* Breadth.

leithneagan,(DMy) *s.m.* Kiln-dried grain which is not dry enough to grind, and so gets flattened out.

leithnich,** *v.a. & n.* Extend, enlarge. 2 Make broad. 3 Become broad. L. an aran, *roll out the bread.*

———te,** *past part.* Extended, enlarged.

leithreachas,** -ais, *s.m.* Unjust dealing. 2 Separation.

leithridheach,** *a.* Partial, unjust.

————————d,** *s. f.* Partiality.

leithrinn,** *s.pl.* Chains, fetters.

leithrist, see leirist.

leithse, see leatha-sa.

leithsgeul, -éil, -an, *s.m.* see leisgeul.

————ach, see leisgeulach.

————achd, see leisgeulachd.

léitig,** *s.f.* Convoy. Thoir l. dha, *give him a convoy.*

———, *v.a.* Convoy.

leitir, -e & -treach, *pl.* -ean & -trichean, *s. f.* Side of a hill. 2†† Place on the sea-shore. 3 Broad slope. 4**Sloping shore. 5 Countryside.

le leathad, *adv.* Downhill.

le 'm, With their. Le 'm biodagaibh, *with their dirks.*

le m', With my. Le m' each, *with my horse.*

le 'n, With their.

leò, *prep.pron.* With them, in their company. 2 By them. 3 On their side. 4 In their favour. 5 In their opinion. 6 Theirs. Th' air leò, *they thought, they should think;* bha i brònach leò, *she was sorrowful in their company;* is bòidheach leò am fàs, *beautiful in their estimation is their growth.*

leòb, -òib & leòba, *pl.* leòban, *s.m.* Piece, fragment, slice, shred, as of skin or leather. 2 Hanging lip. 3 (DU) Big mouth. Bhur bois gun leòb chraicionn, *your palms without a shred of skin.*

leòb, *pr.pt.* a' leòbadh, *v. a.* Tear into shreds, mangle.

leoba,(DMy) *s.* Small rig. An do chuir thu 'n leoba ? *did you sow the small rig ?*

leòbach, -aiche, *a.* In shreds or membranes. 2 Hanging in awkward folds or plaits. 3 Ragged, tawdry. 4**Flabby. 5**Skinny. 6 (DM K)Having hanging lips. 7(DU)Large-mouthed.

leòbadh, -aidh, *s.m.* Tearing, act of tearing into shreds or fragments. A' l—, *pr.pt.* of leòb.

leòbag, -aig, -an, *s.f.dim.* of leòb. Little shred or fragment.

———, *prov.* for lèabag.

———ach, -aiche, *a.* Abounding in shreds or fragments. 2 see lèabagach.

leobhair, *a.* see leobhar.

leobhar, see leabhar.

leobhar, -aire & leoibhre, *a.* Unshapely, awkward, tawdry, clumsy, trailing, untidy, too long, not fitting, as an article of dress.

————achd, *s. f. ind.* Unshapeliness, awkwardness, clumsiness, untidiness.

leòbus, -uis, *s.m.* Hanging lip. 2 Ugly mouth. L. odhar, *a squalid ugly mouth.*

leòbusach, -aiche, *a.* Having an ugly mouth or hanging lips.

leòcach, -aiche, *a.* Sneaking, mean, low, pitiful.

leòcaireachd, *s.f.ind.* Meanness, habit of mean or despicable acting.

leòd,** -eòid, *s.* g. Cutting, mangling, maiming.

leòdag, -aig, -an, *s.f.* Slovenly untidy female. 2 Prude. 3 Flirt.

———ach, -aiche, *a.* Sluttish. 2 Flirtish.

leòdair,(MS) *v.a.* Curry.

leog, -eoig, -an, *s.m.* Idle talk. †2 Marsh. DC gives *s.f.* for No. 2.

leog,* *v.a.* Fag on the stomach.

———-——eachd, *s.f.ind.* Gardening, act of gardening. 2 Printing.
liosadan, -ain, *s.m.* Little garden.
liosair, -ean, *s.m.* see liosadair. 2**Garden.
liosair,* *v.a.* Press, as cloth. 2 Print. 3 Mangle. 4 Drub most heartily.
liosairte, *past pt.* of liosair. Smoothed. 2 Printed. 3 Pressed.
lios-àraich,‡‡ *s.f.* Nursery (for plants.)
liosda, -isde, *a.* Slow, lingering, tedious. 2 Importunate. 3 Stiff. Gu l., gu luath, *now slow, now quick.*
liosdachd, *s. f. ind.* Slowness, tediousness. 2 Importunity. 3 Instance. 4**Stiffness. 5* Greed.
liosdair, -ean, *s.m.* Wrangler. 2 Barrister. 3 Pettifogger.
———eachd,** *s.f.* Wrangling. 2 Pettifogging.
lios-mheas, -an, *s.f.* Orchard.
lìosradh, see lìosraigeadh.
lìosraig, *v.a.* Smooth, dress or iron, as linen.
lìosraigeadh, -idh, *s.m.* Smoothing or ironing, as linen. A' l—, *pr.pt.* of lìosraig.
lìosraigte, *past pt.* of lìosraig. Smoothed,dressed, ironed.
liosta, see liosda.
liostair, see liosdair.
liot, *s.m.ind.* Stammer, lisp.
liotach, -eiche, *a.* Lisping, stammering.
liotachd, *s.f.ind.* Lisping, stammering, impediment of speech.
liotag,** -aig, *s.f.* Girl that lisps.
liotaiche, *s.m.* Stammerer, lisper. 2* Impediment of speech.
liotaiche, *comp.* of liotach.
liotan,** -ain, *s.m.* Litany.
†liothadh, -aidh, *s.m.* Frightening, dismaying, dismay.
liothra,** *s.m.* Hair.
lip, *s.f.* -e, -ean, see liob.
lipinn, -e, -ean, *s. f.* Quarter peck (measure of grain) " lippy." [also lipinn.] Still used in *Uist* for measuring whelks, &c—DC.
†lìr, *s.* Jaundice.
lir, *s.* Litter, as of pigs, whelps, &c.
lìreagach,†† -aich, *s. f.* Green weed growing in stagnant water.
lìrean, -ein, *s.m.* Species of marine fungus—*N. Highds.* 2(DU) Applied to greenish fresh-water growth.
lìreanach, *Suth'd.* for lìonanach.
lìreanach, -aiche, *a.* Abounding in marine fungus.
lìrt, *past pt.* of libhrig. Delivered—*Dàin Iain Ghobha.*
lis,** *s.f.* †Mischief, evil. 2 (DMy) The dark crust on the top of heads of young babies till it is removed by frequent applications of butter.
lisg,** *s.pl.* Feelers of a fly.
†lit, *s,* Activity. 2 Celerity.
lite, [*gen.sing.* litinn now in *Skye*, formerly also in *Badenoch.—Gael. Soc. Inv. xxiii, 84.*] *s.f.* Porridge, pottage. 2**Posset.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

liteach, -eiche, *a.* Abounding in porridge. 2 Like porridge.
lìth,(CR) *s.f.* Grease for smearing—*Skye.* Tha 'n theòil anns a' phoit gun an lìth thairis, *the flesh is in the pot and the water not covering it (the flesh) completely*—from one of Campbell's Tales, in which, because the water in the pot did not cover the fish completely, a blister arose on the fish. Fingal, then a boy, put his wet finger on the blister with the well-known result that he ever after, upon sucking this finger, obtained any information he wished.
lìth, -e, -ean, *s.f.* see lì. 2**Pool, stagnant water. 3(MS) Greasiness. 4 (WC) Fat on top of soup or broth.
lithe, *s.f.* see lighe.
lìtheach, -eiche, *a.* Coloured. 2 Speckled. 3 Slimy, greasy.
litheadh, -idh, -idhean, see lighe.
litheadh,(AC) *s.* Bathing. Bi 'gad l., *be bathing thee.* [AC gives lìthiu.]
lìthear, -eir, *s.m.* Dyer.
litheas,** -eis, *s.m.* Solemnity, pomp.
lìtir, litreach, -trichean, *s.f.* Letter of the alphabet. 2 Letter, epistle. 3 The literal or expressed meaning. 4‡‡ Learning, education.
litir-chòmhraig,** *s.f.* Challenge.
litir-dhealachaidh, *s.f.* Bill of divorce.
litir-fhoghlum, -uim, *s.m.* Literary knowledge, erudition, lore.
litir-ghaoil, *s.f.* Love-letter.
litir-ghrinneich,** *s.f.* Challenge.
litir-leannanachd,** *s.f.* Love-letter.
litir-naidheachd, *s.f.* Newspaper, news-letter.
litreach,†† *a.* Lettered.
litreach, *gen.sing.* of litir.
litreachadh, -aidh, *s.m.* Orthography.
litrich, *v.a. & n.* Letter, print. 2 (MM)Spell.
litrichean, *n.pl.* of litir.
liùbh, *s.m.* Lythe, pollack, see liùgh.
liubhag, -aig, *s.f.* Moppet.
liubhair, *pr.pt.* a' liubhairt & a' liubhradh, *v. a.* Deliver, give up, surrender, resign. 2 Abandon. 3 Rescue. [‡ gives liubhar, ‡‡ liùbhar.]
liubhairt, *s. m.* Delivery, act of delivering, resignation, addiction, surrender, assignment. 2 Abandonment. 3 Rescue. A' l—, *pr. pt.* of liubhair.
liubhairte, *past pt.* Delivered, addicted, &c.
liubh-bhiast,(AF) see luibh-bhiast.
liùbhrach,** *a.* Flaggy.
liùbhradh, -aidh, *s.m. & pr.pt.* see liubhairt.
liuc, *s.* Shout, noise.
liuch-bhlian, *North Gairloch* for dubh-chléin.
liudan, ** -ain, *s.m.* Lever crow. 2 Gaveloc.
liudanach,** *a.* Like a lever.
liùdh, see liùgh.
liùdhag, -aige, -an, *s.f.* Doll. 2 see liùgh.
liùg, -iùige, *s.f.* Lame hand or foot. 2 Bandy-leg. 3 Sneaking gait. 4‡‡Sneaking look. 5 **Creeping. 6††Twist in a shoe. [** gives *s.m.* and *gen.* liùig.]
liùg, *pr.pt.* a' liùgadh, *v.a. & n.* Creep, steal away. 2 Bend, bow. 3 Sneak.
liùgach, -aiche, *a.* Sneaking, abject. 2 Having a maimed limb. 3 Bandy-legged. 4 Crooked, as the law. 5 Of a mean personal appearance. 6**Shabby, sorry. 7**Creeping.
liùgach,** -aiche, *s.m. gen.* -aich, Sorry fellow.
————,* *s.f.* Unhandy woman. 2 Drab.
liùgachd, *s.f.* Deformity of bandy legs.
liùgadh, -aidh, *s.m.* Creeping, act of creeping, stealing away. 2 Bending, bowing. 3 Sneaking. A' l—, *pr.pt.* of liùg.
liùgag, *s.f.* Unhandy woman. 2 Drab. [given by * as liùgach.]
liugair,(AF) *s.m.* Newt (lurker.)
liùgair, -ean, *s. m.* Sneaking, abject follow. 2 Helpless, lame fellow. 3 Cajoler. 4 Flatterer, parasite. 5*Unhandy fellow. 6*One with a lame hand.
liùgaireachd, *s.f.* Sneaking, abject habit. 2** Cajolery.
liùgh,†† -a, -achan, *s.f.* Lythe (fish.)
†liugh, *s.f.* Cry, shout.
liugha, see liuthad.
liughad, -aid, see liuthad.
liùghag,(DMC) *s.f.* Small lythe.
liughag,(MS) *s.f.* Poupeton.
liùil,(AC) *s.* Bath, bathing, washing, lustrating, purification.
liuin, see leam.
liumh,** *s.m.* Cry.
†liun, *s.f.* Sloth, laziness, idleness.
†liun, *a.* Slothful, lazy.
†liunachas, -ais, *s.m.* Idleness, sloth, laziness.
liu nan lasa,(AC) *s.* Water of the flame, lustral fire.
Liùnasd. *s.f.* Lammas. 2 Month of August.
Liùnasdail, see Liùnasd.
Liùnastainn, see Liùnasd.
liunchlos,** *s.m.* Rest.
liunn, see leann.
liunn-dubh, see leann-dubh.
liunn-tàth, *v.* see leann-tàthaidh.
liunntras, -ais, see leanntras.
†liur, *s.m.* Noise, clamour, prating.
†liuraeh, *a.* Noisy, clamorous, prating.
liurc, *v. & s.* see liorc.
liurcach, see liorcach.
liurcaich, see liorcaich.
liùsb, AH) *s.f.* Woman's tattered skirt. 2 Anything hanging in a loose and slovenly manner. 3 Slattish, untidy woman.
liùsbach, *a.* Clumsy, untidy.
liùsbaid,(DMC) *s.f.* Untidy female.
liùth, see liùgh.
liuth, see liuthad.
liutha, see liuthad.
liuthad, *a. & adv.* Several, many. 2 So many. 3* Frequent.
Cia l. uair 'sa thàinig e? *how often did he come?* cia l. uair 'sa dh' innis mi sin dhuit? *how many times have I told you that?* liuthad laoch 's a thàinig, *when so many braves came.* Frequently used with the poss. pron. masc., as, is math a dh' fhimireadh an dàn a dheanadh, 's a liuthad fear-millidh a th' aige, *the poem would need to be well made, since it has so many spoilers*—bad reciters and carping critics—N.G.P.
liùthag, see liùbh & liùgh.
liuthail, see liail.
liuthair, see liubhair.
liuthairte, see liubhairte.
liutharadh, -aidh, see liubhradh.
lò, *s.m.ind.* Poetical form of là.
†lo, *s.m.* Lock of wool. 2 Water.
lob, -oib, *s.m.* Puddle.
lobach,(AF) *s.m.* Lobworm.
lobair,* *pr. pt.* a' lobairt, *v.a.* Draggle in the mud, roll in the mire. 2 Paddle.
lobairt, *s.f.* Draggling. 2 Paddling. A' l—, *pr. pt.* of lobair.
lobais,** *s.f.* Craft, ingenuity.
lòban, -ain, -an, *s.m.* Creel for drying corn. 2 Wooden frame put inside corn-stacks to keep them dry. 3††Hurdle. 4 Kind of basket same shape as the rusgan (see illust. there) but of different size. 5 When peats are to be carted, the ordinary sides and ends of the cart in many districts are laid aside, and lighter ones (lòban) of spars or rods provided for the purpose. These had been evidently preceded

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

by sides and ends of wicker or wattle-work—CR. There was an ancient form of cart, called "carn-loban," which gave origin to the name Loban, see MacKenzie's Guide to Inverness, 1903.—DMK. [Also loban.]
loban, see lòban.
lòbanach, -aiche, *a.* Draggling, wallowing, draggled, wallowed.
lòbanachd, *s.f.* Draggling, frequent or continued wallowing. 2 Drenching. 3† Diverging, straggling, spreading.
lòbanadh, *s.m.* see lòbanachd.
lòbanaich, *s.f.* see lòbanachd.
lobanaich, *pr. pt.* a' lobanaich & a' lobanachd, *v.a.* Bedrench. 2 see làbanaich.
lobanaichte, *past pt.* Bedrenched.
lobar,(DC) *s.f.* Puddle, mud—*Argyll.*
lobarcan, -ain, *s.m.* Person drenched with wet, or daubed with mire. 2 Dwarf, diminutive person.
lobh, *pr.pt.* a' lobhadh, *v.a. & n.* Rot, putrefy. 2 Become or make putrid. 3**Stink.
lobh, *a.* see lobhach.
lobhach,** *a.* Rotten, stinking, fœtid.
lobhachas, -ais, *s.m.* Putridness.
lobhachd,** *s.f.* Rottenness, fœtidness.
lobhadas,** -ais, *s.m.* Rottenness, fœtidness.
lobhadh, -aidh, *s.m.* Rotting, putrefying. 2 Act or state of putrefying or becoming putrid, putrefaction. 3 Stinking. 4 Rottenness, fœtidness. 5 Disease of potatoes. A' l—, *pr.pt.* of lobh.
lobhaidh, *fut.aff.a.* of lobh. L. an abhainn, *the river shall stink.*
lobhair, *gen.sing. & n.pl.* of lobhar.
lobhaircean,** -ein, *s.m.* Dwarf.
lobhar, -air, *s.m.* Leper. 2 Disgusting wretch. 3 Term of much personal contempt. †4Work. †5 Day's work.
lobharach, -aiche, *a.* Leprous.
lobharachd, *s. f.* Rottenness. 2 Leprosy, see luibhre.
lobharan,(MS) -ain, *s.m.* Leper.
lobhar-leigheas, -is, *s.m.* Antiseptic.
lobhgach, (AF) -aich, *s.* Cow with calf.
lobhrach, see lobharach.
————d, see luibhre.
lòbhradh,** -aidh, *s.m.* Leprosy, state of becoming leprous.
lobhragan, see lobarcan.
lòbhran, *s.m.dim.* of lobhar.
lobht, -a, -achan, [lobhtaichean in *Gairloch,*] *s.m.* Loft, floor, gallery. 2 Highest floor. 3 Storey of a house or building. 4 Foot-board of a spinning-wheel. 5(CR)Any floor of wood, upstairs or down—*W. of Ross & Uist.* 6(DU) Deck of a boat. Le lobhtaibh ìochdarach, *with lower stories ;* lobhta làir, *a ground floor.*
lobhta, *a. & past pt.* of lobh. Rotten, corrupt, putrid, putrifying. Creuchd l., *a putrefying sore.*
lobhtach, -aiche, *a.* Having many lofts, galleries or stories.
lobhtachd, *s.f.* Corruptness.
lobrachan, -ain, *s.m.* Draggletail.
lobrogan,* -ain, *s.m.* Drenched, smeared fellow.
†loc, *v.a.* Refuse. 2 Hinder.
†loc, *s.m.* Place.
locadh,** -aidh, *s.m.* Refusal. 2 Hinderance.
locair, *pr. pt.* a' locradh, *v. a.* Plane, smooth with a plane. 2 Polish.
locaireachd,‡‡ *s.f.* Art of planing.
locar, -air, *pl.* -an & locraichean, *s. m.* Carpenter's plane. [* and ‡ give locair, as *nom.& s.f.*]
————ach, see locrach.
————adh, see locradh.
locar chraois, -craichean-c-, *s.m.* Razor.
locar-dlùthaidh, *s. m.* Plough-plane, rebate-plane.
locar-dùirn, *s.m.* Hand-plane.
locar-grobaidh, *s.m.* Plough-plane, rebate-plane.
locar-sgathaich, *s.pl.* Shavings, spills of wood.
locar-sguitsidh, *s.m.* Jack-plane.
loch, *gen.* -a, [luich, very seldom used,] *pl.* -an & -annan, *s.m.* [generally *fem.* in *Caithness, Suth'd* and most parts of *Ross*—DMu] Arm of the sea. 2 Lake. A fresh-water lake is "loch uisge." Miann lach—an l. air nach bi, *a duck's desire—the lake where she is not.*
†lòch,* *a.* Dark, black. 2 Every, all.
lochach, -aiche, *a.* Of, or belonging to lakes. 2 Abounding in lakes.
lochadh,** -aidh, *s.m.* Fleece.
lochain,** *s.* Sea-grass, seaweed, sea-wrack.
lochair,** *s.* Chaff.
lochal,‡ -ail, *s. m.* Brooklime—*veronica beccabunga.*

429. Lochal.

lochan, -ain, -an, *s.m.dim.* of loch. Little lake, pool or pond. †2 Chaff.
lochan, *n. pl.* of loch.
lochanach, -aiche, *a.* Abounding in little lakes or pools.
lochan-monaidh, (AH) *s.m.* Mountain-tarn.
lochan-nan-damh,§ see lachan-nan-damh.
lochan-tàimh,(CR) *s. m.* Loch having no outflow.
loch-àrmunn, -uinn, see luch-àrmunn.
lochasair,** *s.m.* Shower of rain.
loch-bhléin, *s. f.* The flank, region under the short ribs. (dubh-chléin)
loch-bhléineach, *a.* Inguinal, pertaining to a groin.
lochd, -a, -an, *s.m.* Evil, mischief. 2 Fault, crime, sin. 3 Want, defect. 4 Closing of the eyes in sleep. 5 Moment's sleep, nap, wink.
lochdach, -aiche, *a.* Faulty, having flaws. 2 Criminal. 3 Mischievous, hurtful. 4 Defective. 5 Blamable. 6 Obnoxious.
lochdachadh, -aidh, *s.m.* Injuring, act of injuring. 2 Censuring or blaming. 3(MS) Annoyance. A'l—, *pr.pt.* of lochdaich.
lochdachas,(MS) *s.m.* Reprehensibleness.
lochdachd, *s.f.* Mischievousness.
lochdaich, *pr.pt.* a' lochdachadh, *v. a.* Injure, impair. 2 Blame, censure.
lochdaichte, *past pt.* of lochdaich. Injured. 2 Blamed, censured.
lochdalachd, *s.f.ind.* Prejudicialness. 2 Blamableness.
lochdan, -ain, *s. m.* Little sleep, nap, wink of sleep.
lòchdan,(DC) *s.m.* Laver, kind of alga, either the green or purple—*Uist.* [Also slòchdan.]
lochdmhor, *a.* Malefic.
lochduinn,** *s.* Beggarliness.
lochlannach,* -aich, *s.f.* Widgeon.
loch-'léin, see loch-bhléin.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

loch-mhaoim, *s.m.* see loch-thaomadh.
lòchradh,(CR) *pr. pt.* Soaking. Bha sinn a' l. le fallus, *we were soaking with perspiration*—*Skye.*
lochraidh,(AF) *s.* Cattle.
lòchran, -ain, *s.m.* Light. 2 Lamp, torch, lantern.
lòchranach, -aiche, *a.* Having lamps or torches. 2**Like a lamp or torch. 3** Lighted with lamps.
†lò-chrann, *s.m.* The sun.
loch-thaomadh, -aidh, -aidhean, *s. m.* Sudden bursting of water. 2 Bursting of water from a mountain.
loch-thaomaidhean, see loch-thaomadh.
loch-uisge, *s.m.* Fresh-water lake.
locrach, -aiche. *a.* Furnished with planes. 2 Of, or connected with planes. 3 Like a plane.
locradh, -aidh, *s.m.* Planing, act of planing. A' l—, *pr.pt.* of locair. Crann caol air dheagh l., *a slender pole well planed.*
locraich, *v.* see locair.
locusd,(AF) *s.m.* Locust.
lod, -uid, -an, *s.m.* Puddle, pool, marsh.
lòd, -òid, -an, *s.m.* Cavalcade. 2 Bulk. 3 see làd. 4* Broadside. Leig iad l., *they fired a volley*; l. shluaigh, *a cavalcade of people*; l.-luach, *freightage.*
lodach, -aiche, *a.* Abounding in pools or puddles.
lòdach, *a.* Collective. Cunntas l., *collective numerals.*
lodachadh, -aidh, *s.m.* Stagnating, state of becoming stagnant, marshy or boggy. A' l—, *pr.pt.* of lodaich.
lòdachadh, -aidh, *s.m.* Loading, freighting, act of loading. A' l—, *pr.pt.* of lòdaich.
lodaich, *pr.pt.* a' lodachadh, *v.a.* Stagnate, become marshy or boggy.
lòdaich, *pr. pt.* a' lòdachadh, *v.a. & n.* Lade, burden. 2 Become bulky or clumsy. 3 Clog.
lòdaichte, *past pt.* of lòdaich. Eiridneach l., *a patient burdener*—i.e. under the torment of his disease—*Dàin I. Ghobha.*
lòdail, -e, [& lòdala,††] *a.* Heavy, laden. 2 Bulky, clumsy, cumbersome. 3 Wealthy. 4 Proud, haughty.
lodain,** *s.* The privy parts. 2 Flank.
lodair,(DMC) *s.m.* Lad.
lòdalachd, *s.f.* Weightiness. 2 Bulkiness, unwieldiness. 3 Wealth. 4 Pride, haughtiness.
lodan, -ain, -an, *s. m. dim.* of lod. Little pool. 2 Water in one's shoe. 3 Bog, little marsh. 'S fhéarr sùgh 'mhogain na sùgh lodain—a common proverb, meaning that a leaky boot is better than none at all.
lodanach, -aiche, *a.* Abounding in little pools.
lodhainn, -e, -ean, *s.f.* Number, as a pack of dogs, " leash," see lomhainn.
lodhainn-chraos,(WC) *s.f.* Little insect found in ponds and pools.
lòdrach, -aich, *s.m.* Company, crowd, many.
lòdrach, *s.f.* Baggage, luggage.
lodragan, -ain, *s. m.* Plump, robust boy. 2 Clumsy, little old man.
lodraganach, -aiche, *a.* Bluff, clumsy.
lòdraich, see lòdrach, *s.f.*
lodraigeadh, *s.m.* Sousing.
log, see lag.
†log, -oig, *s.m.* Pit or ditch of water. 2 Dungeon. 3 Place.
logaiche,** *s.m.* Fool.
logaidh,(CR) *s. m.* Long hair on forehead of cattle. 2 Mane of a horse.—*Skye.*
logairt,** *s.f.* Bad treatment, abuse. 2 Wallowing.
logais, -ean, *s.m.* Awkward, unwieldy person. 2*Slipper, patched shoe, " bàuchle "—*Argyll.* 3††Anything unwieldy. 4 (DC) Greedy boy. 5 (AH) Inordinate supply of liquid, sloppy food. Tog do l. ! *hurry up !*
logaiseach, -eiche, *a.* Shambling, walking awkwardly. 2††Wide, unwieldy. 3 (AH)Swashy, sloppy, applied to food.
logaist, see logais.
logaisteach, see logaiseach.
logan, see lagan. 2**Hollow of the hand. 3** Country. 4**Peace.
logar,(CR) *s. m.* Kind of reed. 2 (DMy) Motion of the waves after the storm is over.
logh, *pr.pt.* a' loghadh, *v.a.* Pardon, remit, forgive.
logh,** *s.* Renown. †2 see lagh.
loghadair,(MS) *s m.* Pardoner.
loghadh, -aidh, *s.m.* Forgiving, act of forgiving or pardoning. 2 Forgiveness, pardon. 3††Indulgence.
logaich, *v.* see logh.
loghaileachd, *s.f.* Foolishness, foolery.
loghan,** -ain, *s.m.* Indulgence, remission. 2 Jubilee.
loghmhoireachd, *s. f.* Excellence, celebrity, famousness. 2 Grandeur, splendour.
loghmhor, -oire, *a.* Excellent, famous. 2 Stately, majestic. 3 Bright, valuable.
log-thir,(AC) *s. f.* Lake-land.
loguid, -ean, *s.m. & f.* Varlet, rascal. 2 Soft, effeminate fellow. 3 Lean, starving cow. 4 Ghost. Gus an cuireadh mac-talla na h-oidhche maoim fo na loguidean, *till the nightly echo would frighten the timid fellows away*—*Gàidheal*, v, 50.
loguideach, -eiche, *a.* Rascally. 2 Effeminate. 3 Cowardly. 4 Abounding in starved cows. 5 Like a starved cow. 6††Ghostly.
loguideachd, *s.f.* Cowardly habit or disposition.
loibean, -ein, -an, *s.m.* Puddler, one who works in puddly earth. 2 One who works constantly in all kinds of weather. 3 One who works in marshes.
loibeanachd, *s.f.* Puddling. 2 Habit of working continually regardless of weather.
loibheach, -eiche, *a.* Fœtid, somewhat rotten. 2 Term of contempt. Tòchd l., *a fœtid smell.*
loibheachas, -ais, *s.m.* Fœtidness, degree of rottenness or putridness.
loic, *Lewis* for lochd 5.
loicealach, -aiche, see loiceil.
loicealachd, *s.f.* Foolish fondness. 2**Dotage.
loiceil, -e, *a.* Foolishly fond, doting.
†lòich, *s.f.* Slattern, trull. 2 Place.
loiche, see loichead.
loichead,** -eid, -an, *s.m.* Lamp, light, torch. 2 Lightning. 3 Splendour.
loicheadair,** *s.m.* Chandler.
loigear, -eir, -an, *s.m.* Untidy or ragged person. 2 Loiterer.
loigearach,** *a.* Awkward.
loigearachd, *s.f.* Untidiness of dress, raggedness. 2 Awkwardness. 3 Loitering.
loigeireachd, see loigearachd.
loilgeach, see lulgach.
loiliseag,(AF) *s.f.* Reed or sedge warbler.
loime, *comp.* of lom, for luime.
loime,** see luime.
loimic,** *s.f.* Plaster for taking off hair.
lòin, *gen.sing.* of lon.
†lòin, *s.f.* Little stream, rivulet.
loin,(AF) *s.m.* Swan.
lòine, -an, *s.f.* Lock or tuft of wool, flock. 2 Flake of snow. 3 (DMC) Fine flowing hair.
lòine, see lòinidh.
lòineag, *s.f. dim.* of lòine. Little tuft of wool. 2*Fleece of very fine wool. 3**Lock of wool, or any such substance. 4 (DU) Snowflake. 5

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

(DMy) Nap on the "right" or out-side of cloth. L. bhrèagh air taobh caoin an aodaich, *a nice nap on the right side of the cloth.*

lòineagach, -aiche, *a.* Abounding in tufts of wool, or in 2 Flakes of snow.

lòinean, -ein, -an, see lonan. 2(DMK) The fat covering of the kidneys of beef or mutton—*Caithness.*

lòinean, -in, -an, *s.m.* see lonan. 2 (CR) Easy, careless, fat, untidy fellow—*Arran.*

lòineanach,** *a.* Abounding in little meadows.

loinear,** -eir, *s.m.* see loinnear.

loinearach, see loinnreach.

loinearachd, see loinnearachd.

loineid, see loinid.

loineis, see loinneas.

loingbhriseach,** *a.* Causing shipwreck.

loingbhriseadh, *s.m.* Shipwreck.

loingeach, -eiche, *a.* Nautical.

loingear, -ir, *s.m.* Marine, sailor, pilot.

loingeas, -is, *s.m.* [*f.* in *Badenoch*] Ship. 2 Ships, shipping, navy, fleet. 3 Barge. 4 Exile. L. crannach, *a high masted ship*; l. cogaidh, *a warship*; l. marsantachd, *a merchant-ship*; l. spuinnidh, *a privateer.*

loingeasach, -aiche, *a.* Of or belonging to, or abounding in ships or fleets, naval.

loingseach, -ich, *s.m.* Mariner.

loing-shaor, -shaoir, *s.m.* see long-shaor.

loingsich, *v.n.* Sail, set sail.

loinid, -e, -ean, *s.f.* Churn-staff. 2 Whisk. 3 Instrument like a churn-staff but of smaller size, and with a twisted rope of hair round the horizontal part of it, with which milk or whey is frothed, called also "loinid-omhain."

loinideach, -eiche, *a.* Of, or belonging to, or like, a churn-staff or frothing-stick.

loinidh, *s.m.ind.* Rheumatism, sciatica. [With art. *an.*] Greim lòinidh, *a rheumatic twinge;* gu h-olc leis an lòinidh, *ill with the rheumatism.*

lòinidheach, -eiche, *a.* Rheumatic.

loinid-omhain, see loinid.

loinig, -ean, see loininn.

lòininn, -ean, *s.* Lane for cattle. *Scots*, loaning.

loinn, -e, *s.f.* Good condition, fatness. 2 Joy, gladness. 3 Beauty, elegance, comeliness, order. 4 Esteem, regard. 5 Choice. 6 Badge of distinction, crest, arms. 7* Propriety, ornament. 8 (CR) Stack-yard—*Perthshire.* 9 (CR) Garden—*Strathbraan.* †10 Corn-field. †11 Corn-pen. †12 Barn-yard. †13 Court, enclosed ground, area. 14*Decorum. 15 Glade. 16**Fun, cheerfulness. Dean le l. e, *do it gracefully*; cha bhi l. ach far am bi thu, *there is no decorum but where you are*; is beag l. a bhitheas air do ghnothach, *your errand will scarcely be a graceful one*; chuir thu bho l. e, *you have spoiled it*; dh' fhalbh l. an taighe leis, *the elegance of the house went with him*; cha mhór a l., *its consequence is not very promising*; bròg an a chur m' ar cinn cha dean l. d' ar casan, *to put shoes on our heads will not make our feet elegant.*

loinn, -ean, *s.m.* The locative case of lann, used in place-names—‡.

loinneach, -eiche, *a.* see loinnear.

lòinneach, -eiche, *a.* Abounding in tufts of wool or flakes of snow.

lòinneag, see lòineag.

lòinneagach, -aiche, *a.* see lòinneach.

loinnear, -eire, *a.* Beautiful, elegant, becoming. 2 Cheerful, joyful, bright, pleasant. 3 Shining. 4 Splendid, fine. 9** Proper, neat. Duine l., *a splendid, proper fellow*; ceòl l., *fine music*; taigh l., *an elegant house.*

loinnear,** -eir, *s.m.* Light, gleam of light, flash of light.

loinnearach, -aiche, *a.* see loinnreach.

loinnearachd, *s.f.* Beauty. 2 Brightness, effulgence, gleaming, clarity. 3 Loudness, sonorousness.

loinneas, -eis, *s.f.* Wavering, act or habit of wavering, rambling. 2 Eagerness of desire. 3 Elegance, comeliness. 4 Cheerfulness. 5 Fast speaking. 6††Art, skill, dexterity. 7 Sprightliness. 8**Neatness, seemliness.

loinneil, -e, *a.* see loinnear.

loiunir, see laiunir.

loinnireachd, see loinnearachd.

loinnreach,** -eich, *s.m.* Blaze, gleam.

loinnreach, -eich, *a.* Bright clear, shining, glittering. 2 Loud, sounding, sonorous. 3 Changeable, variable, changing. 3 Burnished. 4**Splendid. 5**Brave. Claidheamh l., *a gleaming sword.*

loinnreachadh, -aidh, *s. m.* Shining, act of, or causing to shine. A' l—, *pr.pt.* of loinnrich.

loinnreachair,** *s.m.* Burnisher.

loinnreachas, -ais, *s.m.* Burnish.

loinnrich, *v. a.* Shine, brighten, cause to shine, bespangle, glitter, sparkle.

loinseach,** -ich, *s.m.* Exile.

lòintean, *n.pl.* of lòn.

loir,** *pr.pt.* a' loireadh, *v.* see loirc.

loirc, *v.a.* Wallow, roll in the mud. 2*Drub.

loirc, -e, -ean, *s.f.* Deformed leg, foot or shank. †2‡‡Gammon of bacon, thigh of a hog. 3(AC) Footmark.

loirceach,* *a.* Short-legged.

——————,* *s. f.* Very short-legged woman.

loirceadh, -idh, *s.m.* Wallowing, act of wallowing in mud. A' l—, *pr.pt.* of loirc.

loirceag, -eig, -an, *s.f.* Woman having deformed legs. 2 Tawdry, diminutive girl. 3 (AC) Active female child.

loircean, -in, -an, *s.m.* Man with deformed legs. 2 Dwarfish boy. 3 Uncouth boy. 4 see laoighcionn. 5 (AC) Active male child. 6* Short-legged man whose body is almost on the ground.

loirceineach, -ich, see loircean.

loircire,* see loircean.

loireach,(DMy) *a.* Soiled, as when a sheep's wool is bedaubed with mud. 2 State of not being dyed or barked brightly. Dath loireach-ain air an aodach (*no* air an t-seòl), *a dull colour on the cloth* (or *sail.*)

loireachan, *s.m.* Boggy or wet place.

loireadh, see laoireadh.

loireag, -eig, -an, *s.f.* Handsome, rough or shaggy cow. 2 Fat little girl. 3 Pan-cake. 4 (AF) Petrel. 5 (AC) Water-nymph, water-sprite, water-fairy. The loireag presided over the warping, weaving, waulking and washing of the web—AC.

Loiream, *s.m.* Trifler. Nuair a bhitheas càch air an eathar, bithidh siubhal nan taighean aig Loiream, *when the others are afloat, and working hard at the fishing, Trifler goes from house to house.*

loirean,(AF) *s.m.* Lamb late of weaning.

loireanach, -ich, *s.m.* Male child just able to walk. 2*Bespattered, dirty little fellow.

loireanachd, *s.f.ind.* The first walking of an infant, first attempts at walking. 2 Plashing through mud.

loirgneadh, -idh, *s.m.* Stalk.

lois, see loch-bhléin.

lois,(AF) *s.* Fox.

loisceanta, see loisgeanta.

loisdean, *s.m* Primrose—*Arran.*

†loise, *a.* Inflamed.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

†loise, *s.f.* Flame. 2 Clearness.
†loiseadh, *s.m.* Flame. 2 Clearness.
loisdin, *s.* **Home, (lodging.) 2(AF) Small kind of fish.
loisdineach, *s.* Guest.
loiseann, see loch-bhléin.
loiseam, -eim, *s.m.* Show, pomp of appearance. 2 Showy assemblage of persons. 3** Company of gentry. B' uallach do l., *noble was thy company.*
loiseamach, -aiche, *a.* Showy, of pompous appearance.
loisg, *pr.pt.* a' losgadh, *v.a. & n* Burn, inflame, cause to burn. 2 Consume, be wasted by fire. 3 Parch, singe, scorch, scald. 4 Fire, as a gun. L. iad e, *they burnt him in effigy.*
loisgeach, -eiche, *a.* Burning, flaming. 2 That burns or produces burning. 3 That can be burnt, inflammable. 4 Fiery. 5 Eager, keen. 6 Caustic, corroding.
————ail,(MS) *a.* Combustible.
loisgeadair, -ean, *s.m.* Incendiary. 2 Burner.
loisgean, -ein, -an, *s.m.* Pimpernel, poor man's weather-glass, burnet. 2 see falcair. 3 **Salamander.
loisgeann, see losgann.
————ach, see losgannach.
loisgeanta,* *a.* Very keen. 2 Fiery. 3 Inflammatory, inflammable, parching, scorching. 4 Blasting. 5**Keen.
————chd,* *s.f.ind.* Fieriness.
loisgearnach, -aiche, *a.* Swift, nimble.
loisgionn,** *s.m.* Locust.
loisgrean,** -ein, *s.m.* Burnt corn, corn burnt out of the ear instead of being threshed.
loisgte, *past pt.* of loisg. Burnt, scorched, scalded, parched, inflamed. Leann l., *dregs from which ale is brewed.*
loisid, -e, -ean, *s.f.* see losaid.
————each, -eiche, see losaideach.
loisidh, *s.f.* (AF) Fox. 2 **Flame.
loisneach, -eiche, *a.* Cunning, crafty. 2 Inconstant. 3 Unquiet, disturbed.
loist,** *s.f.* Pillion, pannel. 2 Sloven.
loisteach,** *s.m.* Trough.
loistean, -ein, -an, *s. m.* Lodging, tent, booth, dwelling-place.
†loisteil,** *a.* Slothful, inactive.
loistich-fuinidh,** *s.f.* Kneading-trough.
loit, *v.* see lot.
loit, *s.f.* **Whore. 2 see lot.
loite,** *past part.* Stung, bitten.
loiteach,(MS) *a.* see loibheach.
loiteachd, *s.f.ind.* } for loibheachd, see loibh-
loiteadh,(MS) *s.m.* } eachas.
loiteag,** -an, *s.f.* Nettle. 2 Whore.
loitheach, *a.* see loibheach.
loitheachd, see loibheachas.
loithreach, *a.* Tattered, ragged—*Dàin I. Ghobha.*
loit-shealgair,** *s.m.* Debauchee.
loithte,(MS) *a.* see lobhta.
————achd,(MS) *s.f.* see loibheachas.
lom, luim & luime, *a.* Bare, naked, without covering. 2 Threadbare. 3 Bleak, without verdure, open, exposed. 4 Lean. 5 Defenceless. 6 Stinted, miserly. 7 Cutting, satirical. 8 Smooth. Cho l. ri òigh, *as smooth as a virgin;* is l. an leac air nach buaineadh tu bàirneach, *it is a bare rock on which you will hot be able to find a limpet*—said of a mean exacting person; lannan lom, *naked swords;* cha bhi sonas air bus lom, *a bare mouth will not be lucky*—i.e. politeness is better than bluntness; Iain L., *cutting John.*
lom, *pr.pt.* a' lomadh, *v.a.* Shear, clip, shave. make bare. 2 Pillage, plunder. 3**Strip. 4 ** [illegible]t. 5††Unhusk.
lom, luim & luime, *s.m.* Bare surface or plain, field.
lomadair, -ean, *s. m.* Shearer, shaver, barber, parer, one who shears, shaves, or makes bare. 2 Sheep-shearer. 3 Spoiler, plunderer.
————eachd,** *s. f. ind.* Sheep-shearing. 2 Shaving. 3 Plundering.
lomadh, -aidh, *s. m.* Shearing, act of shearing, shaving, or making bare. 2 Plundering, act of plundering, pillaging. 3 Desolation. 4* Utter devastation, ruination. 5(MS) Rasure. A' l—, *pr. pt.* of lom. 6 When the grain was hardened by the fire previous to being put into the quern to grind, it was placed in a tub and stamped with the bare feet to separate the hard inner shells of the corn; this operation was called "lomadh."—MMcD. DMK says *lomadh* was performed with the flail, and consisted in breaking the spikes of the barley after it was threshed. Also performed by driving a spade into a tub containing the grain, the clippings being afterwards removed by winnowing—DU.
lomag agus tiorlaman, *s.* Whisky and oatmeal—*Arran.*
lomaidh,(AF) *s.f.* Shorn sheep.
lomain,** *s.f.* Shield.
lomair, -ean, *s.m.* see lomadair. 2 Fleece.
lomair, *pr. pt.* a' lomairt & a' lomradh, *v.a.* Fleece, shear, as sheep. 2 (MS) Denude.
lomairt, -ean, *s.m.* Fleecing, act of fleecing or shearing of sheep. 2‡‡Fleece. 3 Peeling, 4 Shaving. A' l—, *pr.pt.* of lomair. [** gives *s.f.*]
†lomairteach, -eiche, *a.* Bare, shorn, bald.
†————,** -eich, *s.m.* Bald man.
loma-luath, *adv.* As soon as. Cho loma-luath 's a chi thu e, *the very instant you see him.*
loman, -ain, *s. m.* Bald man. 2 Poor naked man. 3 Miser, niggard. 4**Knot in timber. 5** Piece of timber stripped of its bark. 6** Knot in timber stripped of its bark. 7 Ensign, standard. 8** Shield. Gheibh an l. an lom-dhonas, *the niggard will receive his full share of misery.*
————ach, -aich, *s.m.* see loman. 2**Person of meagre form.
lomar, -air, *s.m.* Fleece.
lomar, *fut.pass.* of lom.
————ach,** *a.* Fleecy, woolly. Caoraich l., *fleecy sheep.*
lomardach, see lomartach.
†lomargain,** *s.f.* Devastation, ravaging, plundering. 2 Fleecing.
lomarta, *past pt.* of lomair. Shorn, fleeced. An treud l., *the shorn flock.*
lomartach, -aiche, *a.* Bare, naked, shaven, bald, uncovered.
————d,** *s.f.* Nakedness, bareness.
lomartair, -ean, *s.m.* see lomadair.
lombair, -e, see lompair.
lombar, see lompair.
lomchar, -air, -airean, *s.m.* Bare place. L. nam màlaidhean, *the space between the eyebrows.*
lom-chasach, -aiche, *a.* Bare-footed.
lom-chnàimheach, -eiche, *a.* Bare-boned.
lom-dhonas,** -ais, *s.m.* Misery, poverty.
lom-éiginn, -e, -ean, *s.f.* Absolute necessity.
lom-fhulangas, -ais, -an, *s.m.* Bare permission.
lomhainn, -e, -ean, *s.f.* Cord or thong to lead a dog, leash. 2*Pack of hounds. L. chon, *a leash of hounds.*
lomhair,** *s.f.* see lomhainn.
lomhair, -e, *a.* Brilliant, shining, gleaming, glittering, bright, effulgent. 2 Transparent. 3 Stately.
lomhar, see lomhair.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

lom-làn, *a.* Quite full, brim-full.
lom-luath, see loma-luath.
lomna,** -aidh, *s.m.* Rope.
lomnachas, -ais, see lomnochdaidh.
†lomnair,** *s.m.* Harper.
lomnoch, *a.* see lomnochd.
lomnochd, *a.* Naked, uncovered, bare.
————, *s f.* Nakedness.
————achd,** *s. f.* Nakedness, bareness, state of being uncovered, L. na tìre, *the nakedness (bareness) of the land.*
————adh, *s.m.* Denudation.
————aich, *v.a.* Denude.
————aiche, *s.f.* see lomnochdaidh.
————aidh, *s. f. ind.* Nakedness, bareness, baldness, state of being uncovered.
————uiche,** *s.f.* see lomnochdaidh.
————uidh, see lomnochdaidh.
lompair, *a.* Bare. 2 Unfertile.
————, -e, -ean, *s. f.* Bare plain. 2 Unfertile, sterile plain. 3**Field having a meagre crop of grass. 4* Common. 5**Bare surface.
lompais, *s.m.ind.* Niggardliness. 2 Straitened circumstances, poverty. [** gives *s.f.*]
lompas, -aise, *a.* Sparing, niggardly.
lompas,†† *s.m.* see lompais.
lomrach,* -aiche, *a.* Fleecy, woolly. 2 Fleecing, shearing. Caorach l., *a fleecy sheep.*
lomradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Fleecing, act of fleecing, shearing of sheep. 2 Fleece. 3** Effulgence. 4 Gorgeousness.
lomraisteach,** *a.* Naked.
lom-sgrìob, -an, *s.f.* Bare sweep, complete devastation, laying entirely waste. 2**Sweepstake. 3 Complete erasure.
————, *pr.pt.* a' lom-sgrìobadh, *v.a.* Erase. 2 Destroy utterly. 3 Lay waste.
————adh, -aidh, *s. m.* Destroying, act of destroying utterly. A' l—, *pr. pt.* of lom-sgrìob.
————ta, *past pt.* Utterly erased, destroyed, laid waste.
lomta, *past pt.* of lom. Shorn, made bare, peeled, clipped, fleeced, stripped, shaven, made naked.
lòn, -òin, *s.m.* Food, provision, diet, dinner, store. The Gael of old, like other ancient nations, had but one meal or diet daily—the lòn. The terms dinneir, biadh-nòin, &c. are modern introductions. Air bheag lòin, *on a scanty diet;* l. de luibhibh, a *dinner of herbs.*
lón, óin, -óintean, *s.m.* Meadow, lawn. 2 (CR) Small brook, especially with marshy banks—*Skye.* †3 Marsh, morass. †4 Pond, lakelet, water, mud.
lon, -oin, *s.m.* Elk. 2 (AF) Moose deer. 3 (AF) Bison, buffalo. 4 Blackbird, ouzel, see lon-dubh. Is binn guth loin, *sweet is the blackbird's note.*
lon, -oin, -an, *s.m.* Rope of raw hides, used by the inhabitants of St. Kilda, by which a man is lowered down a precipice in search of wild-fowl or their eggs. Lon làidir na feuma, *the strong rope of need.*
lon, -oin, *s. m.* Greed, voracity, hunger. 2 Prattle.
lonach, *s.m.* Avenue.
lònach,** -aich, *s.m.* Larder, pantry.
lonach, -aiche, *a.* Greedy, voracious, hungry. 2**Bewraying, prone to tell secrets. 3 Futile. 4 Talkative, forward, prattling. 5 Alert. 6 Abounding in elks, or 7 in blackbirds.
——,* *s.f.* Garrulous, voracious female.
lónach, -aiche, *a.* Full of marshes or meadows. 2 Abounding in food, alimental. An coire l., *the meadowy dell.*
lonachan,(AC) *s.m.* Rope in uprights of loom.
lonach l, *s.f in l.* Greediness, voracity. 2 Talkativeness, habit of prattling or tale-telling.
lonach-shligneach, ich, -achan, *s. m.* Crocodile.
lonach-shlionach, (AF) see lonach-shligneach.
lonadh, -aidh, *s.m.* Greed, voracity, see lon.
lonag, -aige, -an, *s.f.* Prattling female, tale-telling female. 2 Blackbird, see lon-dubh.
——ach, -aiche, *a.* Tattling, prattling like a female.
lonaiche, *s.f.* see lonachd.
————, *comp.* of lonach. More or most greedy.
lonaid, see loinid.
lònaid, (MS) *s.f.* Lane.
lonaig, *s.f.* Alley, lane for cattle.
lònaïl, *a.* Alimental.
lònailt,** *s.f.* Repository, storehouse, pantry.
lònainn,** *s.f.* Cord. 2 Lane or passage for cattle.
lonair,* -ean, *s.m* Voracious man.
lonais, *s. f. ind.* Prattling, disposition to tell tales, prating. 2 Futility.
lonaiseach,‡‡ -eiche, *a.* Prating.
lonan, -ain, -an, *s.m.* Greedy person. 2 Forward prattler, tale-teller. 3 Prattling, vain talk, tale-telling. 4 Blackbird, see lon-dubh. 5 Nightingale. Nach sguir thu de d' lonan? *will you not cease your prattling?*
lonas, see lonachd.
lòn-cheannachd, *s.f.* Grocery, groceries.
lòn-cheannaiche, *s. m.* Grocer.
lon-cheilearach,(AF) *s.f.* Ring-ouzel.
lon-chraois, *s.m.* Bull-head, 2¶ Bulimia. 3 (AF) May-fly. 4 (AF) Water-spider, water-beetle, water-demon, water-glutton. 5 (AF) Angler-fish. 6 Canine appetite. 7(DMK) Inordinate desire or appetite.
lon-dubh, loin-duibh, *s. m.* Blackbird, ouzel—*turdus merula.* 2 Nightingale.

430 Lon-dubh.



431. *Long.*

long, *gen.* luing & luinge, *pl.* -an, *s.f.* Any kind of ship. 2 Three- or four-masted barge. For the names of parts of a ship, see under bàta. Tha iomadh tonn eadar an l. 's an tìr, *there*

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

is many a wave between the ship and land—said of what children will do, &c. when they grow up.
†long, -oing, *s.m.* Ling (fish.) 2 Cup. 3 Bed, hammock (this for langa.) 4 House, place. 5 Breast. 6 Enclosure. 7 Encampment.
†long, *v.a.* Destroy, devour. 2 Worry.
longach, -aiche, *a.* Naval, nautical.
longadan,** -ain, *s.m.* Swing-swong.
longadh,** -aidh, *s.m.* Casting, throwing. 2 Devouring. 3 Rocking. †4 Supper, meal, diet.
longair,** *s.f.* Ship's crew.
long-aisig, luinge-, longan-, *s.f.* Transport.
long-amar, -amrach, -amraichean, *s.m.* Dock.
longart, *s.m.* see long-phort.
longas, -ais, *s.m.* Shipping. 2 Banishment.
long-athair, *s.f.* Air-ship.
————— -teine, *s.f.* Fire-balloon.
long-bhàthadh, -aidh, *s.m.* Shipwreck.
†long-bhraine, *s.f.* Prow of a ship.
long-bhriseach, -eiche, *a.* Causing shipwreck.
long-bhriseadh, -idh, -idhean, *s.m.* Shipwreck.
long-cheannaiche, -an-, *s. f.* see long-mharsantachd.
long-chogaidh, luinge-,longan-, *s.f.* Man-of-war. 2 Privateer.
long-chreachaidh,(AH) *s.f.* Privateer.
long-dhìona, luinge-, longan-, *s. f.* Convoy, guardship.
long-dhìdein, *s.f.* Guardship.
long-Eireannach, *s. m.* Well-known Gaelic waulking-song, sung by the women when waulking cloth. The sweetheart of each girl present is named in turn by the singers as the song proceeds, the whole of the workers taking up the chorus. (*lit.* " the Irish ship.")
long-fhada,‡‡ luing-, *s.f.* Galley. 2 Yacht. 3 Lymphad, (as in the arms of Clanranald.)
long-lann,‡‡ *s.f.* Dock-yard.
long-lòdaidh, *s.f.* Ketch.
long-lòdail, see long-lòdaidh.
long-mharsantachd, *s.f.* Merchant-ship.
long-phort, -phuirt, -an, *s.m.* Harbour, haven. 2 Camp, garrison. 4 Palace, royal residence. 5 Tent. 6 Sheiling-hut.
long-phortach, -aiche, *a.* Abounding in harbours or camps. 2 Of, or belonging to, camps, harbours, or garrisons.
long-ràmhach, luing-, -an-, *s.f.* Galley, pinnace.
long-sgar, -air, -airean, *s.m.* Leak or chink in a ship.
————ach, -aiche, *a.* Causing rifts in a ship.
————adh, -aidh, -aidhean, see long-sgar.
long-shaor, -aoir, *s.m.* Ship-builder, ship's carpenter.
long-shuaicheantas,** -ais, *s.m.* Aplustre.
long-spuille, *s.f.* see long-spùinneadh.
long-spùilleadh, -idh, see long-spùinneadh.
long-spùinneadair, -ean, *s.m.* Pirate, sea-robber.
long-spùinneadh, -idh, -idhean, *s.m.* Piracy, act of plundering ships.
long-spùinnidh,‡‡ *s.f.* Privateer, pirate-ship.
long-thogail, *s.f.* Shipbuilding. 2 Art or trade of shipbuilding.
lonloingean,** -ein, *s.m.* Gullet, throat. 2 Any pipe.
lon-mhonaidh,(AF) *s.f.* Ring-ouzel.
lonn, -oinn, -an, *s.m.* [*s.f.* **] see lunn & lann.
lonn -a & luinn, *s.m.* Anger, choler. 2 High swelling of the sea, surge. Air lonn a dhol dhachaidh, *on the point of going home.*
lonn, luinn & luinne, *a.* Strong, powerful. 2‡ Fierce.
lonnach, -aiche, *a.* High-swelling.
————adh,** -aidh, *s. m.* Abiding, dwelling, sojourning. 2 Continuance.
†lonnagan, -ain, *s. m.* Passionate young man.
lonnair,** *a.* Gorgeous.
†lonnrach, -aich, *s.* see loinnreach.
--————, -aiche, *a.* see loinnreach.
lonnrachadh, -aidh, *s.m. & pr. pt.* see loinnreachadh.
lonnrachd, *s.* see loinnearachd.
lonnradh, -aidh, see loinnreachadh.
lonnraich, *pr.pt.* a' lonnrachadh, see loinnrich.
lonnraichead,** *s.* Brightness.
lonrach, *a.* Well-fed, satisfied—*Dàin Iain Ghobha.*
lònuinn,** *s.* Alley.
lon-uisge,¶ *s.* Common dipper, see gobha-uisge. 2 (AF) Water-craw.
lòpan,* -ain, *s.m.* Wain, see lòban.
lòpan, -ain, *Suth'd* for làban.
————ach, -aiche, see làbanach.
lorachadh,(DMK) *s.m.* Reviling, traducing.
loramach, -aiche, *a. Suth'd* for lomartach.
--————d, *Suth'd* for lomnochd.
loramadh, *Suth'd* for lomradh, (fleece, fleecing.)
†lorc, *a.* Fierce, cruel.
†lorc, luirc, *s.f.* Foot.
lorc,* loirc, *s.m.* see liorc. 2 Cramp —*Arran.* †3 Murder, parricide.
lorcach, -aiche, *a.* Lame, crawling.
lorc-chosgach,** *a.* Anti-spasmodic.
lorchair,(AF) *s.m.* Foal.
lor-daothain,** *s.* Sufficiency, enough. [leòir-doithinn—*Irish.*]
lorg, luirge, -an, *s.f.* Staff. 2 Crutch. 3 Haft of a spear. 4 Staff of a flail. 5 Straight stick with the bark on. 6 Shaft or tram of a cart. 7**Stalk of a plant. 8**Shaft of a banner. 9 Footstep, track, path, print. 10 Mark. 11 Sign. 12 Consequence. 13 Vestige. 14 Troop, band. 15 Progeny, offspring. 16 Leg, shank. shin. 17 Thigh. 18 Woman. Lean mi air an luirg aige, *I followed his track;* an l. a' ghnothaich seo, *as the consequence of this thing;* cù luirge, not necessarily *a terrier*, as given by **, but *any dog that tracks;* l. a dha shùla, *guiding himself by landmarks*, or *following the tracks with both his eyes.*
†lorg, *a.* Blind.
lorg, *pr.pt.* a' lorg & a' lorgadh, *v.a.* see lorgaich. A' l. lòin, *foraging provision.*
lorgach, -aiche, *a.* Having a staff or crutch. 2 Tracing, that tracks by scent or footprints. 3 Having many marks, abounding in marks or footprints. 4 Pursuing. 5 Searching.
————adh, -aidh, *s.m.* Tracing, act of tracing or tracking. 2 Pursuing. 3 Walking on crutches. A' l—, *pr.pt.* of lorgaich. A' l. lòin, *foraging provision.*
lorgadair, see lorgair.
lorgadh, -aidh, *s. m. & pr. pt.* of lorg. Same meanings as lorgachadh. Cù lorgaidh, *a dog that tracks, as a terrier, or pointer.*
lorgaich, *pr.pt.* a' lorgachadh, *v.a.* Trace, track, search, pursue, follow by scent or footprints. 2 Search for information. 3 Forage. 4 Investigate. 5**Walk on crutches.
lorgaichte, *past pt.* of lorgaich. Traced, tracked, found out by tracing, pursued. 2 Searched.
lorgair, -ean, *s.m.* One that traces or tracks. 2 Searcher. 3‡‡Imitator. 4 Dog that follows by scent, as a foxhound. 5 Slow-hound. 6 **Bloodhound. 7 (AF) Pointer. 8**Spy. 9 **Terrier.
————eachd, *s.f.ind.* Tracing, act or habit of tracing. 2**Inquisitiveness. 3**Espionage.
lorgan, see lorgair.
————ach,** -aich, *s.m.* Sluggard.
lorganach-shneachda,(CR) *s.m.* Sufficient snow to show a track
lorg-bheart,** *s.f.* Foot harness, covering for

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

the legs and feet. 2 Armour for the legs.
lorg-iomain, luirg-, *s.f.* Goad or stick for driving cattle, rod. [McL & D gives *s.m.*]
lorg-slighe, luirg-sh-, *s.m.* Genealogy. 2 Recital of one's genealogy or descent, formerly done on the death of a chieftain.
lormachd, *Suth'd* for lomnochd.
los,†† *adv. & prep.* About to. 2 In-order-to.
los, *s.m. ind.* Purpose, intention. 2 Sake, account. 3 Design. 4 Strength. 5 Virtue. 6 Control. 7**Effect, consequences. Tha làn an t-saoghail fo l. a' bhàis, *everyone is under the control of death :* tha mi a' dol air a l., *I am going in search* (*lit.*on account) *of it ;* tha mi l. dol dhachaidh, *I have a mind to go home;* tha mi a' leth los, *I have half a mind ;* air l., *for* ; siod na bh' agam air l. mo thuruis, *that is all I got for my journey.*
†los, lois, *s.m.* Point, end of a thing. 2 Tail.
losaid, -e, -ean, *s.f.* Kneading-trough. 2 Sirloin of beef—*Lewis.* 3 Hip. Chaidh a' bhò as a losaid, *the hip of the cow went out of joint.*
———each, -eiche, *a.* Abounding in kneading-troughs.
†losc,‖ *s.m.* Lame person.
losg,(AC) *s.* Leprosy.
†losg,** *a.* Cripple. 2 Blind. 3 Dumb.
——,** *s.m.* Lame person. 2 Blind person.
losgach, -aiche, *a.* see loisgeach.
losgadair, -ean, *s.m.* see loisgeadair.
losgadh, -aidh, -aidhean, *s. m.* Burning, act or state of burning, combustion. 2 Firing, as soldiers at a target, or an enemy. 3 Kindling, inflaming, singeing, scorching. 4 Scalding. 5 Parching. 6 Burn, scald. A' l—, *pr. pt.* of loisg. L. na gréine, *the scorching of the sun, especially on a person's skin ;* l. dealanaich, *blasting by lightning ;* l.-an-leanna, what the Highland smugglers call the process of distilling worts or beer, the produce being low-wines or ceud-tharruing.
——— -braghaid,‖ *s.m.* Heart-burn. [Preceded by the art. *an.*]
——— -daighi,‖ Heart-burn.
losgan,** -ain, *s.m.* Childhood.
losgann, -ainn, -an, *s. m.* Toad. 2 Frog. 3 Wretch, contumelious appellation. 4**rarely* Childhood. 5(DU) Frog- or toad-spawn. 9 (DU) Jellyfish.
———, *s.f.* Sort of drag or sledge. [†† gives *s.m.*]
———ach, -aiche, *a* Abounding in toads, frogs or sledges. 2 Like a toad, frog or sledge.
——— -buidhe, } (AF) Toad. 2 Frog.
——— -dubh, } [** gives l.-buidhe for *frog*,
——— -nimhe, } and l.-dubh for *toad.*
losg-bhra-teine,** *s.* Ducking or throwing of stones obliquely against the water, so that they rebound several times from the surface.
losg-lann,** *s.m.* Fire-receptacle.
losgunn, see losgann.
lot, *gen.* -a & loit, *pl.* -an, *s.m.* Wound, hurt, stab, bruise. 2**Whore. 3**Wool. 4**Leg. 5**Washing. A' l—, *pr.pt.* of lot. L. urchair, *a gun-shot wound ;* l.-claidheimh, *a sword-wound ;* làn lot, *full of wounds.*
lot, *pr.pt.* a' lot & a' lotadh, *v.a.* Wound, pierce, hurt, stab, bruise. 2 Disease. 3 Take out a piece with the teeth. **rarely* Commit fornication. L. i móran, *she has wounded many.*
lotach, -aiche, *a.* Wounding, piercing, stabbing, hurting, bruising, maiming. 2 Apt to wound or pierce. 3 Destructive. Lannan i, *destructive swords.*
lotadh, -aidh, *s.m.* Wounding, act of wounding stabbing, hurting, maiming. 2 Wound, bruise, stab. 3**rarely* Fornication. A' l—, *pr. pt.* of lot.
lotadh, *3rd. per. sing. & pl. imp.* of lot. L. e iad, *let him wound them.*
lotag,§ *s.f.* Nettle, see deanntag.
lotar,** -air, *s.m.* Ruining. 2 Mangling.
lotar, *a.* Sharp.
——, *fut. pass.* of lot. Shall be wounded.
lot-ghearradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Incision
†loth,** *s.m.* Beard. 2 Sweat.
loth, -a, -an, *s. f. & m.* Filly, foal, colt. 2 (DC) Colt up to a year old—*Uist.* 3**Meal, diet. 4 Marsh—*Suth'd.* L. asail, *an ass's colt.*
lothach, -aiche, *a.* Having many fillies, abounding in fillies. 2 see làthach.
lothad, see lòd.
lothag, -aig, -an, *s.f., dim.* of loth. Little filly, foal or colt. 2 Young filly, foal or colt.
lothagach, -aiche, *a.* Having many young fillies, abounding in little or young fillies.
lothail, -e, -ean, *s. f.* Brooklime—*veronica beccabunga.* 2 Lavender, see lus-na-tùise.
lothainn, see lomhainn.
lothair,** *s. m.* Lavender, see lus-na-tùise. Uisge an lothair, *lavender-water.*
———, *s.m,* see lothar.
lothal,** -ail, -an, see lothail.
†lothar, -air, *s.m.* Assembly. 2 Cauldron. 3 Trough. 4 Hound. 5 Cloth, raiment.
lothta,(MS) *a.* see lobhta.
†lu, *a.* Little.
†lua, *s.m.* Water. 2 Heap. 3 Oath. 4 Foot. 5 Kick. 6**Hand.
luach, *s.m.ind.* Value, worth. 2 Amends. 3 Wages. L. ciatach, *a good price ;* l. saoithreach, *price of labour, wages ;* cha deanainn air mhór luach e, *I would not do it on any consideration ;* l.-peighinn, *a* (*Scots*) *pennyworth;* l.-saoraidh, *a ransom* ; làn luach, *full price.*
luach, *pr.pt.* a' luachadh, *v.a.* Value, fix as the value. 2 Comprehend, understand.
———ach, -aiche, *a.* see luachmhor.
luachadair,** *s.m.* Appraiser.
luachaid,** *s.f.* Frost.
luachail, -ala, *a.* Rateable.
luachair, luachrach, *s.f.* Common rush—*juncus conglomeratus.* A single rush is called luaichirean. Leabaidh luachrach, *a bed of rushes.*
luachair,** *a.* Bright, resplendent.
———,** *s. f.* Splendour, brightness. 2 Tempest.
——— -bhog, *s.f.coll.* Bulrushes, the soft rush —*juncus effusus.*

432. Luachair-bhog.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

luachair-bhogain, *s.f.* Lake-scirpus—*Colonsay.*
luachair-choille, *s.f.* Wood-rush—*luzula sylvatica.*
luachaireach, -aiche, *a.* see luachrach.
————d,(MS) see luachmhorachd.
luachair-ghòbhlach,§ *s.f.* Bulrush, lake-scirpus—*scirpus lacustris.*
luachairneach, -eich, *s.f.* Place where rushes grow.
luach-aisig,** *s.m.* Ferriage, water fare.
luachar, -air & -luachrach, *s.f.* Bulrush, rush, rushes.
luach-armunn, -uinn, see luch-armunn.
luacharn, see lòchran.
luach giulain, *s.m.* Fare. 2 Freightage.
luachmhoire, *comp.* of luachmhor.
luachmhoireachd, *s. f. ind.* Valuableness, preciousness,meritoriousness, excellence, worthiness.
luachmhor, -oire, *a.* Valuable, precious, excellent.
————achd, see luachmhoireachd.
luach-peighinn, -e, *s.m.* Pennyworth, good bargain.
luachrach, *a.* Full of rushes, rushy. 2 Like a rush. 3 Made of rushes. An glacag l., *the rushy dell.*
————, *gen.* of luachair.
luachrach,** -aich,*s.m.* Place where rushes grow. 2 Crop of rushes. [** gives *s.f.*]
luach-saoithreach, -ich, *s.m.* Reward. 2 Hire, wages.
luach-saoraidh, *s.m.* Ransom. 2 Payment.
luad, -uaid, *s.m.* Joint. 2 Little finger.
luadair,** *s.m.* Flax-wheel. 2 Flyer of a jack.
luadar,** -air, *s.m.* Motion. 2 Haste.
meanntachd,** *s.f.* Happiness, bliss. 2 Good luck. [** gives meanntrachd.]
meantail,** *s.f.* Deceit.
meantairig, *v.* Gaelic form of *venture.*
meanntalach,** *a.* Deceitful.
meantalachd,** *s.f.* Perfidy.
meantan,** -ain, *s.m.* Snipe, see **gobhar-athair.**
meapaid,(WC) *s.f.* Mop for tarring.
mear, -a & meire, *a.* Merry, joyful. 2 Sportive, playful. 3 Wanton. 4 *poetically* Incited, keen, enraged. 5 Lustful. 6**Apish. 7** Buxom. 8‡‡Agitated, in quick motion. 9** Sudden or quick in motion. 10(MS) Airy. 11 (MS)Comical. 12 Very joyful, in high glee. **Le sùilibh m.,** *with lustful eyes ;* **éisteadh a' bhantrach mh.,** *let the wanton widow listen ;* **bha sibh m.,** *ye were merry.*
méar, -eòir, *s.m.* see meur.
mearachadh, -aidh, *s.m.* Perishing from exposure. **A' m—,** *pr.pt.* of mearaich. **Chaidh a mh. air a' mhonaidh,** *he perished from exposure on the hill*—a common occurence in snow-storms—*Caithness.*
mearachas,†† -ais, *s.m.* Mirth.
mearachasach, see mearcasach.
mearachd, -an, *s.f.* Error, mistake, fault. 2 Wrong, injustice. 3 Aberration. 4 Oversight. 5 Merriness. **Chaidh thu am m.,** *you have gone wrong* ; **tha thu am m.,** *you are mistaken ;* **mur 'eil mi am m.,** *if I am not mistaken ;* **cò tha gun mh. ?** *who is faultless ?* **na habair mu choinneamh an aingil gu'm bu mh. e,** *say not before the angel that it was an error;* **m.-ceill,** *madness, an error of judgment ;* **m. is laigsinn,** *error and weakness.*
mearachdach, -aiche, *a.* Wrong, erroneous, incorrect. 2 Improper. 3 Culpable, faulty. 4 Wrong, unjust. 5 Misleading, false. **Barail mh.,** *an erroneous opinion ;* **a' deanamh na meidhe m.,** *falsifying the balances.*
mearachdachadh, -aidh, *s.m.* Mistaking, act of mistaking, erring or missing. **A' m—,** *pr. pt.* mearachdaich.
mearachdachd,* *s.f.ind.* Erroneousness, faultiness. 2 Culpability.
mearachdaich, *pr.pt.* **a' mearachdachadh,** *v. a.* Mistake. 2 Miss. 3 Err. 4 Go wrong. 5 Put wrong.
mearachdas, -ais, -an, *s.m.* Merriment, hilarity, mirth. 2 Error, mistake. 3 Liability to mistake. 4 Wantonness, indelicate romping, nearly wanton joy.
mearachdasach, -aiche, *a.* Wanton. 2 Fond of sport or amusement, merry.
†mearadh, -aidh, *s.m.* Affliction.
mearadh-loisgeach, mearadh-sionachain, } *s.m.* Phosphorus—*Arran.*
mearagan, -ain, -an, *s.m.* Puppet. 2 Automaton.
mèaragan, see meuragan.
mearaich, *pr. pt.* **a' mearachadh,** *v.* see mearachdaich. 2 DMK) Perish from exposure.
mearaiche, -an, *s.m.* Merry-andrew, droll. 2** Merry fellow. 3**Mountebank. 4**Fool.
mearaichinn, -e, *s. f.* Madness, insanity. 2 Drunkenness. 3 Giddiness.
mear-aithne, *s.f.* Slight acquaintance of a person.
mearal, -ail, -an, *s.m. prov.* for mearachd. 2 **Disappointment. **M. na h-aoise,** *the dotage of old age.*
mearalachadh, *s. m.* Disappointment, disappointing, erring.
mearalachd,** *s.f.* Disappointment. 2 Error.
mearalaidh, *s.m.* Disappointment.
mearalaich,** *v.* Disappoint. 2 Put wrong.
mearan, -ain, -an, *s. m.* Madness, delirium, brain-sickness. 2 Drunkenness. 3 Lasciviousness.
mèaran, -ain, -an, *s.m.* see meuran.
mearanach, *a.* Delirious, mad, insane, brainish, brain-sick. 2 Drunk. 3 Lascivious. 4 (MS)Hypochondriacal.
mearanachd, see mearan.
mearan-céille, *s.f.* Light-headedness.
mearanta, *a.* ††Mirthful. 2 see mearanach.
mearbh, *Ray co.* for meanbh.
mearbhadh, -aidh, *s.m.* Lie, fiction.
mearbhal,** *s.m.* Mistake. 2 Random.
†mearc,** *s.f.* Merchandise, wares, goods.
mearcach, -aiche, *a.* Rash, confident, headstrong.
mearcachas, -ais, *s.m.* Rashness, confidence.
mear-caiteach, *a.* see mearganta. **An tìr ro òrdail mh, far am bheil na daoine còire,** *the orderly lively land, where the honest kind men are—Filidh, 21.*
mearcantas,‡‡ -ais, *s.m.* Sportiveness.
mearcasach, -aiche, *a.* Proud, elate, boastful. 2 Active,nimble,vigorous—*Sàr-Obair.* 3††Rash. 4††Wanton.
mearchall,(AC) *s.* Death-loss (of cattle, &c.)
mearchann, *s.* see mear-chinn.
mear-cheannach,** *a.* Insane. 2 Giddy, light-headed.
mear-chinn,** *s.m.* Insanity, delirium. 2 Giddiness.
mear-chunnt, *v. a.* Miscalculate. 2 Cheat by misreckoning.
mear-chunntadh, -aidh, *s.m.*see mear-chunntas.
mear-chunntas, -ais, *s. m.* Miscounting, miscalculation, misreckoning.
mear-dhàn, *a.* Foolhardy.
————achd, *s.f.* see mear-dhànadas.
mear-dhànadas, -ais, *s.m.* Fool-hardiness.
meardradh, *s.m.* Metre, crambo.—*Sàr-Obair.*
meargadaich, *v.n.* Be impatient.
mearganta, -ainte, *a.* Brisk, lively, sportive. 2 Obstinate. 3 Wanton. **Mar réitheachan m.,** *like wanton rams.*
meargantachd, *s. f. ind.* Briskness, liveliness, sportiveness. 2**Obstinateness.
mearg antas, -ais, *s.m.* Same meanings as **mearg antachd.**
mear-ghràdh, -àidh, *s. m.* Fondness, excess of love, wanton fondness.
————ach, -aiche, *a.* Fond, amorous, wanton. **Gu m.,** *wantonly.*
mèarla, see mèirle.
mearlach, -aich, see mèirleach.
mearlag § -aige, *s.f.* Scale-fern.
mearmainn, see meanmna.
mear-macnusach, -aiche, *a.* Wanton, full of sport or pleasure.
mèars, *pr.pt.* **a' mèarsadh,** *v.a.* Gaelic form of *march.*
mèarsadh, -aidh, *s.m.* Marching. **A' m—,** *pr.pt.*

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

of mèars, see màrsadh.
mearsuinn, -e, *s.f.* Strength, constitution. 2** Durableness.
————each, -aiche, *a.* Hardy, strong. 2 Durable. 3**Perpetual.
mèarsail, *s.m.* see màrsadh.
————, *a.* Stately in gait.
mearsal, -ail, *s.m.* see màrsadh.
mear-shaillt,* *a.* Nitrous.
mear-shal, -ail, *s.m.* Brine.
mear-shalainneach, *a.* Nitrous.
mear-shalann,*-ainn, *s.m.* Nitre, saltpetre.
mear-shalann-gintinn, *s.m.* Nitrogen.
mearsuinn, see marsainn.
————each, *a.* see marsainneach.
†**meart,**** *s.m.* Garment.
meartuinn,(AH) *s.f.* Cold-resisting quality in a man.
meartuinneach,(AH) *a.* Enduring extreme cold without any ill-effects.
†**meas,**(AF) *s.m.* Fish, salmon.
†**meas,** *s.m.* Measure. 2 Rod to measure graves. 3 Weapon. 4 Point, edge. 5 Pair of shears. 6 Wind. 7 Foster-child.
meas, -a, -an, *s.m.* Fruit. 2 Acorn. M. nan craobh, *the fruit of the trees.*
meas, *s.m.ind.* Respect, regard, esteem. 2 Reputation, fame. 3 Opinion, judgment, valuing, estimate, appraisement. 4 Conceit, fancy. 5 Act of valuing or appraising. 6*Public notice. Le m. is miadh, *with respect and esteem;* thoir gu m., *bring to notice;* cha robh m. aig' air Cain, *he had no respect for Cain;* tha m. aig' air-fhéin (or dheth-fhéin) *he has a good conceit of himself;* cha d' thug mi m. freagairt air, *I did not give him the honour of a reply;* mu chall a m., *about the loss of his fame, reputation;* a réir do mheas, *according to your reputation;* m. nan taighean, *the appraisement, valuation or estimate of the houses;* gun mh., gun mhiadh, mar Mhànus, *without respect or approbation, like Magnus;* is beag m. a bh' agad- a air, *you lightly esteemed him.*
meas, *pr.pt.* a' measadh & a' meas, *v.a.& n.* Consider, think, judge, suppose. 2 Attribute, impute. 3 Value, appraise, estimate, reckon, weigh, calculate. 4 Esteem, deem, regard, respect. 5 Presume. 6**Lay a tax or rate on. Measar an t-amadan fhéin 'na dhuine ghlic nuair a bhios e 'na thosd, *even a fool may be reckoned a wise man while he holds his tongue;* mh. iad am bàrr 's na taighean, *they appraised,*or *valued the crop and steadings;* tha mi a' m., *I regard, esteem;* na measaibh, *do not think, do not suppose.*
measa, see miosa.
measach, -aiche, *a.* Fruitful, abounding in fruits. †2 Fishy.
measad, -aid, see miosad.
measadair, -ean, *s.m.* Appraiser, valuer, valuator.
measadaireachd, *s.f.ind.* Business of appraising or valuing, employment of an appraiser.
measadh, -aidh, *s.m.* Considering, act of considering, thinking. 2 Reckoning, judging, valuing. A' m—, *pr.pt.* of meas.
measag,** *-aig, s.f.* Acorn.
measaidh, *fut. aff. a.* of meas.
measail, -e, *a.* Respectable, worthy. 2 Estimable, esteemed, respected, valued. Duine m., *a respectable individual;* m. aig uaislibh is islibh, *respected by high and low;* gu m., *reputably.*
measain, *gen.sing.* of measan.
measair,(DMy) *pr.pt.* a' measradh, *v.a.* Churn. M. am bàrr, *churn the cream.*
measair, -rach, -raichean, *s. f.* Dish, measure (unas.) 2 Tub, measure. 3 Measure of a powder-flask or belt. 4 of meal. 5** Appraiser. 6 Weight or measure. 7(AF) Milk-dish. 8 Just weight or measure.
measairich,** *v.a.* Measure.
measalachd, *s.f.ind.* Respectability, merit, dignity. 2 State of being respected.
measan, -ain, *s. m.* Lap-dog. 2 Little dog. 3 Pert or forward person, "puppy"
measanach, -aiche, *a.* Puppyish, forward, pert.
measanachd, *s f.* Forward or petulant conduct.
meas-an-tuirc-allta,§ *s. m.* Marsh St. John's wort (*lit.* wild hog's fruit—so called from its smell when bruised)—*hypericum elodes.*

519. Meas-an-tuirc-allta.

520. Meas-an-tuirc-coille.

meas-an-tuirc-coille,§ *s.m* Common tutsan, or sweet amber—*hypericum androsæmum*—one of the most beautiful of the St. John's worts, growing from *Ross-shire* southwards and fairly frequent in *Argyll.*
measar, *fut.pass.* of meas.
measar, -air, *s.m.* see miosar.
measara, see measarra.
measarach, -aiche, *a.* Having measures. 2 Abounding in measures. (also miosarach.)
measaracht, see measarrachd.
measaradh, see measarra.
measarlha, *a.* see measarra.
measarra, *a.* Temperate, sober, moderate, reasonable. 2 Frugal. 3 Modest. 4 Continent. Uime sin, bithibh m., *therefore be sober.*
measarrachd, *s. f. inl.* Temperance, sobriety, moderation, moderateness, frugality. 2 Continence. Am m., *in moderation.*
measarradh, see measarra.
meas-chaor,** *-chaoir, s.m.* Plummet. 2 Sounding-line.
meas-chraobh, -chraoibh, -chraobhan, *s.f.* Fruit-tree.
meas-chruimh,** *s.* Canker.
meas-chruinneachadh, -aidh, *s.m.* Gathering of fruit. 2 Gathering of acorns.
meas-chruinnich,** *pr. pt.* a' meas-chruinneachadh, *v.a.* Gather fruit. 2 Gather acorns. 3 Gather corn.
meas-chù, -choin, *s.m.* see measan.
meas-chuilean, -ein, -an, *s. m.* Young lap-dog, little lap-dog.
measg, (am measg) *s.* Among, amongst, in the midst. Am measg bheanntan fàsail, *among desert mountains;* am measg tamhaisg a shluaigh, *amidst the spectres of his people;* am measg na stri, *in the midst of the battle;* 'nar measg-ne, *among us;* 'nam measg, *among them;* 'nur measg-ne, *among you.*
measg, *v.a. pr. pt.* a' measgadh, Mingle, mix, stir about, move. Mharoh i a feòil, mheasg i a fuil, *she hath killed her beasts, she hath mingled her blood.*
measgach, see measg.
measgachadh, -aidh, *s.m. & pr.pt.* of measgaich. Same meanings as measgadh.
measgachd, *s.f.ind.* Miscellaneousness.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

measgadh, -aidh, *s.m.* Mixing, act of mixing or mingling, stirring about. 2 Mixture. A' m—, *pr.pt.* of measg.
m·asgadh-litreach, *s.m.* Monogram.
measgaich, *v.a.* Same meanings as measg.
measgaichte, see measgta.
measgain,(AC) *s.* Miscellaneous articles.
measgan, -ain, -an, *s.m.* Dish used to hold butter, butter-crock. 2‡‡Mash. 3**Butterwort.
measgnachadh, see measgadh.
measgnadh, -aidh, see measgadh.
measgnaich, *v.a.* Same meanings as measg. 2 **Copulate.
measgnaichte, see measgta.
meas-ghort, -ghoirt, -an, *s. m.* Fruit-garden, orchard.
measgte, *past pt.* of measg. Mixed, mingled.
measra, see measarra.
measrach, *gen.sing.* of measair.
————adh, -aidh, *s. m.* Thinking, act of thinking, judging, supposing. 2 Thought, design. 3 Act of rendering temperate or moderate. 4 State of becoming moderate. 5(MS Apprehension. 6 Conception. A' m—, *pr. pt.* of measraich.
measrachail,(MS) *a.* Apprehensible.
measradh, see measarra.
————,(DMy) -aidh, *s.m.* The quantity of cream or butter in the churn at any given time. A' m—, *pr.pt.* of measair. Am bheil m. agad an diugh? *have you a churning to-day?* tha i a' m., *she is churning.*
measraich, *pr.pt.* a' measrachadh, *v a.* Think, judge, suppose. 2 Temper, moderate, sober. 3 Become sober, temperate or moderate. 4 Conceive.
————eau, *n.pl.* of measair.
————te, *past pt.* of measraich. Tempered, sobered, become temperate.
meas-tuirc-allta, see meas-an-tuirc-allta.
meas-tuirc-caol,§ see meas-an-tuirc-coille.
meata, *a.* Feeble. 2 Soft, cowardly, timid, faint-hearted. 3** Distrustful. Siol m., *a timid race;* cha bhuadhaich am m. gu bràth, *the chicken-hearted shall never conquer,* or *prosper.*
meatach, -aiche, *a.* see meata.
meatachadh, -aidh, *s.m.* Enfeebling, act of enfeebling, debilitating or terrifying. 2 State of becoming weak, faint, soft or cowardly, dispiriting, growing timid. 3* Benumbing, daunting, damping the spirits. 4*Starving with cold. A' m—, *pr.pt.* of meataich. Thug sin m. mór as, *that daunted him greatly.*
meatachd, *s.f.ind.* Cowardice, timidity, faint-heartedness. 2 Feebleness. 3**Dismay. 4** Hinderance. 5*Delicacy of feeling or sentiment. Sheas Fionn air leirg gun mh., *F. stood on a declivity undauntedly.*
meatag, -aig, -an, see miotag.
————ach, -aiche, see miotagach.
————aich, see miotagaich.
————aichte, see miotagaichte.
meataich, *pr.pt.* a' meatachadh, *v.a. & n.* Enfeeble, terrify, make feeble. 2 Make spiritless. 3 Grow effeminate. 4 Become feeble, weak, effeminate or fearful. 5 Daunt, damp the spirits. 6†† Be afraid or terrified. 7 Starve with cold, benumb. Mh. siod gu mór e, *that daunted him greatly;* na meataicheadh gart a' chuain sibh, *let not the threatening aspect of the sea terrify you.*
meatailt, see miotailt.
————eath, see miotailteach.
mèath, -a, *a.* Oily. 2 Fat, rich. Talamh m., *rich soil.*
meath, -a, *s.m.* Decay, failing, fading. 2 Consumption. 3**Effeminacy. A' m—, *pr. pt.* of meath. Na h-allt aichean a' fàs, agus na h-aibhnichean a' m., *the burns increasing and the rivers failing*—a proverb applied to the growth of new families and the decay of old ones; a' toirt m. dhòmh-sa, *taunting me.*
meath, *pr.pt.* a' meath, *v.a. & n.* Move with pity, affect. 2 Discourage, dishearten. 3 Intimidate, make timid. 4 Decay, wither, fade. 5 Become weak, soft, effeminate or timid. 6 ** Die. 7 see meat- aich. Mh. a' chraobh, *the tree faded;* mh. i gach cridhe, *she softened every heart,* or *she damped every spirit.*
meath, *a.* see meathach.
meathach, -aiche, *a.* Affecting, causing pity. 2 Discouraging, disheartening. 3 Decaying. 4 Perishable. 5 Causing decay or languor. 6 Mild, soft, tender. 7 Despondent. 8 Meek, soft-hearted. 9 Causing effeminacy.
meathach, -aich, *s.m.* Weakly, effeminate or disheartened person. 2 Degenerate person. 3 Despondent person. 4 Tender, excoriated part of the skin.
————adh, -aidh, *s.m. & pr.pt.* of meathaich, see meathadh.
meathachan, -ain, *s.m.* Effeminate or cowardly person. 2†† Decaying or fading man. 3** Glutton.
meathadh, -aidh, *s. m.* Affecting. 2 Causing of pity. 3 Discouraging, act of discouraging or damping the spirits. 4 State of becoming timid or weak. 5 State of withering, decaying fading or failing. 6 Shrinking, degenerating, desponding,despondency. 7*Taunt,jeer, gibe. 8 Act of moving, as with fits. 2 Effeminacy A' m—, *pres. part.* of meath. Cha ruig thu leas a bhi toirt meathaidh dhòmh-sa, *you need not taunt me.*
meathaich, *v.a. & n.* see meath.
————te, *past pt.* of meathaich. Affected, softened, moved with pity. 2 Discouraged, disheartened. 3 Withered, decayed. 4 Become weak or timid.
meathanas,** -ais, *s.m.* Consumption.
meathas,** -ais, *s.m.* Fat, fatness. 2 Effeminacy.
meath-challtuinn, *s.m.* Southernwood, old man —*artemisia abrotanum.* Sometimes used instead of hops in the preparation of malt liquors.
meath-chridhe, -chridheachan, *s.m.* Faintness of heart, cowardice, timidity. 2**Faint-heart.
meadh-chridheach, -eiche, *a.* Faint-hearted, cowardly, timid, effeminate. Tha sith 'gam fhagail m., *peace renders me effeminate.*
meath-chridheachd, *s.f.* see meath-chridhe.
meath-chrith, -e, *s.f.* Trembling from fear or cowardice.
meath-chrom,** *v.* Crouch.
meath-ghàire, -an, *s.f.* Smile. [meath-gàire in *Gairloch* –CR.]
meath-ghalar, *s.* Disease. Is treasa deagh-àrach na m., *good nurture overcomes disease.*
meath-ionnsuidh, -e, -eau, *s. f.* Feeble attempt or attack, feeble onset. 2 Spiritless invasion. Thug e m. air, *he feebly attempted it.*
meathlachadh, -aidh, see meathadh.
meathlaich, see meathaich. 2††see meilich.
————te, see meathaichte.
meath leighiseach, *a.* Antiseptic.
meath-oidheirp, -e, -ean, *s.f.* Feeble attempt.
meath-oidheirpeach, -eiche, *a.* Making a feeble attempt. 2 Irresolute. 3 Unenterprising.
meathras,** -ais, *s.m.* Fat, grease.
meath-shùil, -shùla, -ean, *s.f.* Blear-eye.
meath-shùileach, -aiche, *a.* Blear-eyed.
meath-thinneas, -eis, -an, *s. m.* Consumption.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

wasting disease. 2**Debilitating sickness.
meath-thogar,** -air, *s.m.* Faint inclination. 2 Indifference.
meath-thograch, -aiche, *a.* Indifferent, having but a faint desire, lukewarm.
meath-thogradh, -aidh, -ean, *s.m.* Faint inclination or desire, indifference, lukewarmness.
meathusradh,(AF) *s.* Fatlings.
meatras, see meathras.
meiceinn, -ean, *s.m.* see meacan.
†meide, *s.f.* The neck.
†meideach, -eich, see meidh-each.
meideal, -eil, *s.m.* Gaelic spelling of *medal*.
†meidealach, -aich, *s.m.* Large knife. 2 Leather hinge of a flail.
meidh,(DU) *pr.pt.* a' meidheadh, *v. a.* Prune, clear of twigs.
meidh, -e, -ean, *s.f.* Balance, beam for weighing, scale. 2 Weight, measure. 3 Stem, stock, trunk. 4 The sign Libra (♎) in the zodiac. Is fhèarr guth na m., *a word is better than a balance*—a dubh-fhacal. The meaning probably is, that the voice of a powerful friend is of more value than strict impartiality. In his first edition, Macintosh gives the word *meith*; and his translation is, *better speak than lose right*—N.G.P; anns na meidhibh, *in the balances*.
meidh, *a.* see meath.
meidh-àile, *s.f.* Barometer. 2 Anemometer. 3 Thermometer. 4 Thermoscope.
meidh-allach, see meitheallach.
meidh-chothrom,** *s.f.* Balance.
†meidhe, see meidh 3.
meidh-each, -eich, *s.m.* Stallion.
meidheach, -eiche, *a.* Of, or belonging to, beams or balances. 2 Like a scale or balance. 3** Having scales, weights, measures or balances.
meidheach, -iche, *a.* see meathach.
meidheachadh, -aidh, *s. m.* Weighing, act of weighing. A' m—, *pr.pt.* of meidhich.
meidheadair, -e, -ean, *s.m.* Weigher. 2 Steelyard, instrument for weighing. 3 Balancer.
meidheadh, -idh, see meidheachadh.
meidhean, *s.m.* Favour, influence.
meidhich, *pr.pt.* a' meidheachadh, *v.a.* Weigh, balance, weigh with scales or balances.
meidhichean, see meidhinnean.
meidhichte, *past pt.* of meidhich. Weighed, balanced.
meidhin, see meadhon.
meidhinnean, *s. pl.* The hip-joints. 2 The back side of the hip below the small of the back. As na meidhinnean, *the hip-joint dislocated*.
meidhis,* *s. f.* Instalment. 2 Part, measure. Phàigh sinn air mheidhisean e, *we paid it by instalments;* a' cheud mh., *the first instalment;* 'na mheidhisean, *by instalments*.
meidhisich,* *v.n.* Graduate.
meidhlich, see meaghalaich.
meidil, -ean, *s.f.* Medlar-tree.
meidileach, -eiche, *a.* Of, or abounding in medlars. 2 Belonging to a medlar.
meig,* *s. f.* Protuberant chin. 2 Snout of a goat.
meig, *s.m.* Voice, cry. 2(CR) Sign of life. Cha'n 'eil m. ann, *he shows no sign of life*—*W. of Ross*.
mèig, -e, -ean, *prov.* of meidhinnean.
meigead, -eid, -an, *s.m.* The bleat of a goat or kid.
meigeadaich, *s.f.* Continued bleating of a goat or kid. Le m. fann, *with faint bleating*.
meigeadan (AF *s.m.* Goat. 2 Kid.
meigeall, *pr. pt.* a' meigeallaich, *v.n.* Bleat, as a goat or kid
meigeall, *s.m.* Mewing, caterwauling.
meigeallach,** *a.* Bleating, as a goat.
meigeallaich *s.f.* Bleating, as of a goat. A' m—, *pr.pt.* of meigeall.
meigean, *prov.* for meidhinnean.
meigeardaich,* see meigeadaich.
meigeil,* see meigeall.
meigh, -ean, *s.f.* see meidh. 2 Part of a hand fishing-line, see under dorgh.
meigheach, -eiche, see meidheach.
meighich, see meidhich.
meighlich, see mèilich.
meil, *pr.pt.* a' mèilich, *v.n.* Bleat as sheep or lambs.
meil, -ean, *s.f.* Bleating of sheep or lambs.
meil, *pr.pt.* a' meilich, *v.a.* Grind, as corn, pulverize. Meileadh mo bhean do neach eile, *let my wife grind to another;* a' chailc air a meileadh, *the chalk pulverized*.
meilbheag, -eig -an, *s.f.* Poppy - *papaver rhœus*.

521. Meilise.

meilbheagach, -aiche, *a.* Abounding in poppies.
meilc,(AC) *s.* Sweetness. M. a bhi 'nam aodann, *sweetness be in my face*.
meilcein, see milcein.
meilcheart, *s f.* Chilblain—*Argyll*.
meildear, -ir, -an, see meiltear.
meildidh,(CR) see meildreach.
meildir, see meildreach.
meildreach, ich, -ean, *s.m.* Quantity of grain sent to be ground, grist, multure. 2 Food, provision—*Suth'd*.
meile, -an, *s.f.* The stick by which a quern is turned, mill-staff. 2 Quern, hand-mill. 3(A F) Sheep. 4**Jaw-bone. 5**Pestle.
meileach,** *a.* Of, or belonging to a quern. 2 Like a quern. 3 Apt to faint with cold.
meileach,(DC) *s.m.* Meal ground very fine. 2 Thin, spindle-shanked child.
mileachadh, -aidh, *s.m.* Fainting with cold. 2 Grinding with a quern. 3**Reproaching. A' m—, *pr.pt.* of meilich.
meileachd,* *s. f. ind.* Multure. 2 Reproach, abuse.
meileadair, see meiltear.
meileadh, -eidh, *s.m.* Grinding, act of grinding very fine, as corn. A' m—, *pr.pt.* of meil. In *Uist* ordinary meal is said to be "air a bhleith," fine meal, "air a mheileadh."
meileadaireachd, see meiltearachd.
mèileadh, *s.m.* Bleating, as of sheep.
meileag, see beileag.
meilean, -ein, -an, *s.m.* Hasty pudding.
meilearach,§ -aich, *s. m.* Sea-maram, sea-matweed, see muirineach.
meileartan,* *s.pl.* Flesh mites, generally under the toes. 2 *Arran* for meille-chartan.
†meilg, *s.m.* Death. 2 Pod. 3 Milk.
meilg,(DU) *s.f.* Milt of a fish. [In *Gairloch* both mealg and meilg are used as *nom.*]
meilgeag, see meiligeag.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

mèilich, *s.f.ind.* Bleating, act of bleating, as sheep or lambs. 2*Querulousness. A' —, *pr. pt.* of mèil. M. nan caorach, *the bleating of the sheep*; m. m'haoth, *soft bleating.*

méilich, *v.* Bleat, as sheep or goats. see méil.

meilich, *v.a. & a.* Chill, benumb. 2 Become faint from cold, become chilled.

meilich, *s.* Hollow. Gun mheilich(an) gun tòrcean, *without hollows or howes—Beinn Doran.*

meiligeag, -eig, -an, *s.f.* The husk of pease, or of any leguminous vegetable.

meiligeagach, -aiche, *a.* Having husks or pods. 2 Like husks or pods. A' pheasair mh., *the podded pease.*

meiligir, *s.* Mill.

meilinnich, see meile.

meilis, see milis.

meilise, *s. f.* Hedge-mustard, bank-cress—*sisymbrium officinale.* [illust. on p. 645.]

méill, -e, -ean, *s. f.* Cheek. 2 Mill-clapper. 3 Blubber-lip. 4**Idiot. [meill in *W. of Ross* —CR mèill in *Lochcarron*—DMK.]

méilleach, -eiche, *a.* Having large or swollen cheeks, pouch-mouthed. 2 Blubber-lipped. [‡‡ gives meilleach.]

mèilleachadh,** *s.m.* Numbness.

méilleadh, -idh, *s.m.* Inciting, incitement. 2 Encouragement.

meilleag, -eig, *s. f.* Bridle-bit. 2 Blubber-lip. 3 Blubber-lipped female.

méilleag, -eig, -an, *s.f.* Outer rind of bark. 2 §Bark of the birch-tree.

méilleagach, -aiche, *a.* Blubber-lipped. 2 Of, or pertaining to, blubber lips. 3 Having pouting lips.

meilleam,** -ein, *s.m.* Blame, reproach.

mé llear, -ir, -an, *s.m.* Blubber-lipped person.

meille-chartan, -ain, *s. f.* Chilblain, itching in the sole of the foot.

meille-chraosach,(MS) *a.* Pouch-mouthed.

meillg,** *s.f.* Rind. 2 Pod.

†meilliach, *s.f.* The globe.

meilliceach, -eiche, *a.* see meilleagach.

meillicean, -ein, -an, *s.m.* Blubber-lipped person, one with pouting lips.

meillceir, see meillicean.

meillich,(MS) *v.a.* Pouch, pocket.

meilt,** -e, *s.f.* Grinding, mastication, chewing. 2 Hurling, casting. 3 Consuming. 4 Friction.

meilte, *past pt.* of meil. Ground, as grain. Gràn m., *ground grain.*

meiltear, -ir, *pl.* -teirean, *s. m.* Grinder, miller, hand-mill grinder.

meiltearachd,** *s.f.ind.* Grinding, business of a miller. 2 Hand-mill grinding.

meiltir, -treach -trichean, *s.f.* see meildreach.

meiltreach, -eiche, *a.* Smooth, level, plain.

meiltrichean, *pl.* of meiltir.

meim, -e- *s.f.* see mèinn, & mèinneach.

meineabhag, -aig, *s.f.* Fondling, caressing.

————ach, -aiche, *a.* Fondling, caressing given to fondling. 2 Affectionate.

————aich, -e, see meineabhag.

mèineach, -eiche, *a.* see mèinneil.

meinear, -eire, *a.* see mèinneil.

meinear, *s.* mèinnear.

meinealachd, see mèinnealachd.

mèineil, see mèinneil.

meinich, *Gairloch & Lochbroom* for meilich (become numb.)

meiniche, *comp.* of meinneach.

meinigeag, see meiligeag.

meinigean, *s.pl.* Gloves, mittens.

meirm, *s.f.* see meanmna.

meirmneach, -eiche, *a.* see meanmnach.

meirmnn, -e, see meanmna.

mèirn, -e, *s.f.* Ore. 2 Mine. 3 Vein of metal. 4 Mind, desire, inclination, disposition, whether good or bad. 5 Native quality or energy. 6 Love fondness. 7 Discretion, clemency. 8* 9 Expression. 10**Air. 11 Mien. 12**Mercy. 13**Kindness. 14**Tenderness.

Is don' a' mh. a th' ort, *your expression of countenance does not betoken anything good*; cia mór a mh. ! *how majestic his countenance!* fàg 'na mh. féin e, *leave it to his own discretion*; duine air 'fhàgail g'a mh. fhéin, *a man left to his own prudence*; tha e 'nad mh. fhéin, *it is left to your own clemency*; an m. na gaoithe, *to the mercy of the wind*; talamh a bheir bàrr o a mh.fhéin, *land that produces crops of its own native energy*; fo mh., *with the purpose of, having a mind to*; m. airgid, *silver ore*; *2 a silver mine*; m. iarunn, *iron ore*; *2 an iron mine.*

mèinn-Æthiopach, *s.f.* Æthiop's metal.

mèinn-àite, -an, *s.m.* Mine.

meinne, see meann.

mèinneach, -eicne, *a.* see mèinneil. 2 Having a good mien. 3 Airy.

meinneach, *s.m.* Mercy, pity. 2 Discreetness. 3 Fondness.

mèinneadair, -ean, *s. m.* Miner. 2 Mineralogist, student of ores.

———— ——eachd, *s. f.* Occupation of a miner, mining. 2 Mineralogy.

mèinnealachd, *s.f.ind.* Goodness of disposition, amiableness. 2 Kindness. 3 Discretion. 4 Tractability. 5 Flexibility, ductility, as of metal. 6**Tenderness. 7**Fondness. 8** Affableness. 9 Softness, as of leather, grass or tallow. 10*Productive quality.

mèinnear, -eir, *s.m.* Mineral. 2 Miner. 3 Mineralogist.

————ach,** -aiche, *a.* Mineralogical.

————ach, -aich, *s.m.* Mineralogist. 2 Miner.

mèinnearachd,** *s.f.* Mining. 2 Mineralogy.

mèinneil, -e, *a.* Mineral, abounding in ore or mines. 2 Substantial. 3 Sappy. 4 Flexible, ductile. 5 (MS) Placid. 6 Productive, prolific, as a female. 7 Native. 8 Valuable, desirable. 9‡‡Well-disposed. 10‡‡ Affable, kind. 11‡‡Discreet, prudent. 12 ‡‡Tractable. 13 **Tender, affectionate, merciful, pitiful, fond.

mèinnire, *s.m.* Mine-sieve.

mèinneach l, see mèinneadaireachd.

mèinneadair, -ean, *s m.* Miner. 2 Mineralogist.

———— ——eachd, *s.f.ind.* Mineralogy, business of a mineralogist. 2 Occupation of a miner.

mèinn-eòlas, -ais, *s.m* Mineralogy.

mèinn-theagasg, see mèinn-eòlas.

meirbh, -e, *s.f.* Sour or weak drink.

meirbh, -e, *a.* Slender, slim, delicate, slight. 2 Silly, feeble, spiritless. 3 **Slow, tedious.

meirbh, *pr.pt.* a' meirbheadh, *v.a. & n.* Digest, concoct in the stomach.

meirbhe, *s.f.ind.* Slenderness, delicacy of form. 2 Silliness, feebleness, weakness. 3**Dullness, slowness, tediousness. 4**Lie. 5 Spiritlessness.

meirbhe, *comp.* of meirbh.

meirbheal, -eil, *s. f.* Slenderness, degree of slenderness. 2 Silliness, degree of silliness. 3 Feebleness.

meirbheadh, -idh, *s.m.* Digestion, process of digestion. A' m—, *pr.p.* of meirbh.

meirbheau (AC) -ein, *s.m.* Indigestion.

†meirceann,** -inn, *s.m.* Finger.

meirc, see milc.

meirc(e)an, (DU) *s.m.* Stem of various kinds of tangle. When pared, the stem is eaten by children, who consider it a delicacy.

†meirdreach, -eich, -an, *s.f.* Concubine, courte-

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

zan, harlot.
———————as, -ais, *s.m.* Concubinage, fornication.
meire, see mire.
meireal, (MS) *s.m.* Brine.
meirealach, (MS) *a.* Brackish, briny.
meirean, -ein & -e, see mearan.
———— -nam-magh, *s.m.* Agrimony.
meirg, *s.f. prov.* for mairg.
meirg, -e, *s.f.* Rust.
meirg, *v.a. & n.* Rust, become rusty. 2 Cause to rust or corrode.
†meirge, see meirghe. 2 Sign, signal.
meirgeach, -eiche, *a.* Rusty, covered with rust. 2 Cadaverous, ill-tempered, as a person. 3 Having banners. 4 Of, or belonging to, a banner.
———————adh, *s.m. & pr.pt.* see meirgeadh.
meirgeachd, (MS) *s.f.* Rust.
meirgeadh, -eidh, *s.m.* Rusting, state of becoming rusty. 2 Rust. 3 Act of causing to rust. A' m—, *pr.pt.* of meirg.
meirgeal,** -eil, *s.m.* Cadaverous person. 2 Part of crann-nan-gad, No. 20, p. 263.
meirgeall,** -ill, *s.m.* Roughness, ruggedness.
meirghe, -an, *s. f.* Banner, standard, flag, pennon. 2 Band, troop, company. 3**Pair of colours or flags.
meirgheach, -eiche, *a.* Having banners or flags. 2 Like a banner or flag. 3 In companies or troops. 4 Having many troops.
meirgich, see meirg.
meirgichte, see meirgte.
meirgneach, -eiche, *a.* see meirgeach.
meirgneachadh, -aidh, *s.m. & pr. pt.* of meirgnich, see meirgeadh.
meirgnich, *v.* see meirg & meirgich.
———————te, see meirgte.
meirgte, *past pt.* of meirg. Rusted, covered with rust. Claidheamh m., *a rusted sword.*
meirin, see mearan.
————each, see mearanach.
mèirle, *s.f.ind.* Theft. 2 Thieving, act or habit of stealing. 3 Thing stolen.
mèirleach, -ich, *s.m.* Thief, robber. 2**Rogue. 3**Rebel.
———————as, -ais, *s.m.* see mèirle. 2**Treason rebellion.
———————d, see mèirle.
mèirleadh, *s.m.* see mèirle.
méirneal, -eil, -an, *s.m.* Merlin—*falco æsalon.* 2(AF) Falcon.



523. Méirneal.

meirse,** *s.f.* Smallage, fine.
†meirtneach** *a.* Feeble. 2 Fatigued.
†meis, *a.* Bad, wicked.
mèis, *gen.sing.* of mias.
†meis-cheòl, -chiùil, *s.m.* Singing, modulation, music.
meisd,** *s.f.* Rust.
meisd, -e, *comp.* of olc. see misde.
meisde,** *s.f.* Deterioration. A' dol am m., *growing worse and worse.*
mèise, *gen.sing.* of mias.
méisean,** -ein, *s.m.* Little plate.
meisg, -e, *s.f.* see misg.
————each, see misgeach.
————ear, -eir, -eirean, see misgear.
————eireachd, see misgearachd.
meisimean, (for misimean dearg) *s.m.* Bog-mint, see cairteal.
meislean,** -ein, *s.m.* Mastlin.
meisneach, see misneach.
meisnich, see misnich.
meite, (DMC) *a.* Weak, frail. 2 Imbecile.
meiteal, (DMC) *a.* Proud, boasting (moiteil.)
meiteal, -eil, *s.m.* Metal. 2 Mettle, hardness, strength of body or mind. 3 Courage, stuff.
————ach, see meitealtach.
————achd, (MS) *s.f.* Dwarfishness. 2(DMC) Weakness. 3 (DMC) Imbecility.
————tach, -aiche, *a.* Metallic. 2 Mettled, hardy, spirited, enduring, strong. 3**Keen, smart, made of good stuff.
meith, *v.a. & n.* see meath.
mèith, -e, *a.* Fat, greasy, oily. 2 Fat, corpulent. 3 Sappy, rich, as soil. 4**Soft, timid. Mias mh. an t-sagairt, *the priest's fat mess.*
mèitheachd,** *s.f.* Fatness. 2 Softness. 3 Timidity.
mèithealach, -aich, *s.m.* Fatling. 2 Nursling.
————————d, *s.f.ind.* Oiliness. 2 Fatness, corpulency. 3 Sappiness, richness, as of soil.
mèitheallach, (AF) *s.m.* Fat cattle.
meithean § -ein, *s.m.* Sea-rush—*juncus maritimus & acutus.*



524. Meithean.

525. Meòir Moire.

mèitheas, -eis, see mèithealachd.
mèitheil, -e, *a.* see mèith.
†meithle, *s.pl.* Reapers. 2 Crowds, concourse.
meithleachadh, (MS) *s.m.* Algor.
meithlich, *v.* see meilich.
meithreas,** *s.m.* Kitchen stuff. 2 Fatness.
†melg, *s.* Death.
————, see meilg.
melis, (DMu) *a.* *Suth'd* for milis.
meò-bhlàth, -àithe, *a.* see meadh-bhlàth.
————————achadh, see meadh-bhlàthachadh.
————————aich, see meadh-bhlathaich.
meòdar, *s.m.* Luxuriant pasture.
meòg, -eòig & -eig, *s.m* Whey. [meang in some parts—DMC. *Gen. sing.* in *N. Argyll* is mig—AH.]
meògach, -aiche, *a.* Of whey, like whey, serous.
————d, (MS) *s.f.* Serosity.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

meògail, -e, *a.* see meògach.
meoghail, -e, *s.f.* Mirth, joy, jollity. 2 Medley, mixture. 3 Company, mixed company.
meoghair, -e, *s.f.* see meamhair. 2 see meaghail.
meoghlach,** *a.* Mixed, confused, in a medley
meoghrach, -aiche, *a.* see meadhrach.
meoiun,(AF) *s.* Cat.
meòir, *gen.sing. & n.pl.* of meur.
meòir Moire,§ *s.m.* Kidney vetch, lady's fingers —*anthyllis vulneria.* [ill. 525 on p. 647.]
meomhair, see meamhair.
————each, -eiche, *a.* see meamhrach.
————eachadh, -aidh, see meamhrachadh.
meomhairi h, see meamhraich.
meòmhrachadh, -aidh, see meamhrachadh.
meòmhrachan, see meamhrachan.
m òmhraich, see meamhraich.
meòrach, -aiche, *a.* see meamhrach.
————adh, -aidh, *s. m. & pr. pt.* see meamhrachadh.
meòracnan, see meamhrachan.
meòragan, see meuran.
meòra ch, *v.* see meamhraich.
meòran, see meuran.
meòranach, -aich, see meamhranach.
meothal,** -ail, *s.m.* Help.
†mer,‖ *s.m.* Madman.
mere, merg, } (AF) Blackbird, see lon-dubh.
mersgirra,(AF) *s.* Angler-fish—*Caithness.*
meuchd, *s.f.* Mixture, mass or compound formed by mixing—*Dàin I. Ghobha.*
meud, *s.m.ind.* Greatness, largeness, degree of greatness or largeness, dimension, extent, quantity, stature, size, bulk. 2 Degree, measure, extent. 3 *coll.* As many as, magnitude, number, quantity.
M. an taighe, *the size of the house ;* air mh. 's gu 'm bheil e, *let him* (or *it*) *be ever so great ;* mu 'n mh. ud, *about yon size ;* m. do ghàirdean, *the greatness of thy arm ;* m. a bhròin, *the magnitude of his grief ;* ciod e a mh. ? *what is his stature* (or *its size*) ? ; m. a' ghoirtein, *the size of the field ;* co mh. a th' ann ? *how many are there ?* agus a' mh. 's a bhean ris, leigms e iad, *and as many as touched him, he healed them ;* a mh. 's a tha làthair, *as many as are present, as many as are alive,* or *surviving ;* a mh. agus gu 'n d' rinn thu sin, *inasmuch as you have done that* ; co m a fhuair thu ? *what quantity did you get ?* a' dol am m., *growing in size, stature* or *extent.*
meudachadh, -aidh, *s.m.* Increasing, act of increasing, enlarging, or making larger. 2 State of becoming larger or greater. 3 Increase, augmentation, adding, addition. 4* Growth. A' m—, *pr.pt.* of meudaich.
meudachail, -e, *a.* Intensitive. 2 Metric.
meudachd, *s.f.ind.* Bulk, size, magnitude, greatness, dimension. 2 Stature. 3 Increase. Is longhnadh leam a mh., *I am surprised at its dimensions ,* duine de mh. mhoir, *a man of great size or stature ,* agus thainig Iosa air aghaidh am m., *and Jesus increased in stature.*
meudaich, *pr pt.* a meudachadh, *v.a. & n.* Increase, multiply, cause to increase. 2 Enlarge, become larger, grow in size, improve. 3 Abound. 4 Add to, augment. Meudaichidh mi do dhoilgheas, *I will multiply thy sorrow;* meudaichidh tu a luach, *thou shalt increase its price ;* am fear nach m. an càrn, gu m meudaich e a' chroich, *he that will not add* (*a stone*) *to the cairn, may he add to the dygniay of the gallows ;* far an do mh. am peacadh gu ro mhó a mh. gràs, *where sin abounded grace did much more abound.*
meudaicheam, *1st. sing. imp.* of meudaich. Let me increase.
meudaichear, *fut.pass.* of meudaich.
meudaichte, *past pt.* of meudaich. Increased, augmented, enlarged. 2**Advanced.
meud-bhronn, *s.f.* The dropsy. [Preceded by the art. *a'.*] 2**Pregnancy. Theasd e leis a' mh., *he died of the dropsy.*
————ach, -aiche, *a.* Dropsical. 2 Swagbellied.
meudmhor,** *a.* Ample.
meudrach, *a.* Metrical.
meudradh, *s.m.* Metre.
meug, see meòg, mèig & mìge.
meugach, see meògach.
meugail, see meògach.
meugar,** *s.m.* Serous.
meunan, see mèanan.
————ach, see mèananach.
————aich, see mèananaich.
meunaich, see meanaich.
meunanda, see meuranda.
meur, -eòir, *pl.* -eòir, *s.m.* Finger. 2 Toe. 3 Branch, bough. 4 Branch of a family, kindred, clan. 5 Branch of a river. 6 Prong. 7* Knot in wood. 8 Slight degree. Thum an sagart a mh., *the priest dipped his finger ;* na casan agus am meòir, *the feet and their toes;* meur a' ghràpa, *the prong of the fork* ; m. de 'n teaghlach sin, *a branch of that family ;* tha meòir 's an fhiodh, *the wood is knotty;* m. de 'n chaitheimh, *a slight degree of consumption ;* m. a' ghiomaich, *the lobster's claw ;* ged nach rachadh clach ceann a' mheòir an aghaidh na gaoithe, *though one could not send a stone a nail's breadth against the wind;* am m. meadhoin, *the middle finger.*
meurach, -aiche, *a.* Fingered. 2 Branchy. 3 Pronged. 4*Knotty, full of knots or bumps. 5**Nimble-fingered.
————adh, -aidh, *s. m.* Act of fingering. 2 Growing into branches, putting forth of branches. 3** Pawing. A' m—, *pr. pt.* of meuraich.
meurachd *prov.* for mèarachd.
meuralan,* -ain, *s. m.* Delicate, slender, weak person.
————ach, -aiche, *a.* Delicate.
————achd,* *s.f.* Conduct of a delicate person. 2 Eating or dealing with gently.
meurag, -aig, -an, *s. f. dim.* of meur. Small finger. 2 Small clew or ball of yarn. 3 Tuft of wool, *prov.* 4‡‡Small pebble.
————ach, -aiche, *a.* Abounding in small clews or tufts of wool. 2 Abounding in small pebbles.
————aich, *v.a.* see meuraich.
————an, ain, *pl.* -ain & -an, *s. m.* Fingering handling 2 Little thimble.
————anaich, see meuraich.
meuraibh, *dat.pl.* of meur.
meuraich, *pr pt.* a' meurachadh, *v.a.* Handle, finger. 2*Fidget. 3**Branch.
————te, *past pt.* of meuraich. Fingered handled. 2 Branched.
meuran, -ain, *pl.* -ain & -an, *s. m.* Thimble 2 Little branch. 3 Small finger. 4 (DMC) Piece of cloth sewn in the form of the finger of a glove and worn as such.
meuran-a'-bhais,(DMK) *s. m.* Foxglove—*West coast of Ross.*
————ach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, thimbles. 2 Like a thimble. 3 Full of thimbles. 4 Branchy.
————da, -aiude, *a.* Weakly, delicate, tender, 2 **Tiny.
————dachd, *s.f.ind.* Weakliness, delicateness.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

tenderness. 2 Silliness of person.
meuran-na-mnà-sìth, see lus-nam-ban-sìth.
———— -nan-cailleachan-marbha, *s. m.* Foxglove, see lus-nam-ban-sìth.
———— -nan-daoine-marbha,§ *s. m.* Fox-glove, see lus-nam-ban-sìth.
———— -sìth,§ *s.m.* Fox-glove, see lus-nam-ban-sìth.
meuranta,* *a.* Delicate.
————chd,** *s.f.* Delicacy of constitution. 2 Silliness of person.
meurlag,§ *s.f.* Polypody, see clach-raineach.

mh, For words beginning with mh, see under *m*.

mhàin, (for a mhain) *adv.* Only, alone. Is tus' a mhàin Iehobhah, *thou alone art Jehovah;* cha ann e sin a mhàin, *that is not all.*
mhàn, see a bhàn.
mheud (for a mheud) *adv.* Inasmuch, forasmuch.
Mhoire ! *int.* By Mary ! common form of asseveration. Air Moire ! *by Mary !*
†mi, *s.f.* Mouth.
mi, *pref. neg.* Indicating the opposite of, or the want of, the quality expressed by the word to which it is prefixed, equivalent to the English, *in-, un-*, as ciall, *reason* ; mi-chiall, *folly.* *Sometimes it signifies Evil, the worst.
mi, *pers. pron.* 1, me. *Emphatic*, mise, mi-fhéin (*prov.* mi-fhìn) *myself.* Is mi, *it is I* ; bithidh mi, *I shall be.* [Always aspirated when used immediately after *bu* and *cha*, as cha mhi, *it is not I.*]
mi-abairt, -ean, *s f* Mis-saying.
miabhadh, -aidh, *s.m.* Chagrin.
miabhail, -e, *a.* see mi-bhàighil.
miabhalachd, *s f.* see mi-bhuigealachd.
miabhalas, -ais, *s.m.* see mi-bhà'ghealachd.
miabhan,** -ain, *s.m.* Megrim.
miach,** *s.* Budget. 2**Measure. 3 Bag, satchel.
————air,** *a.* Kind, loving, affable. Gu m., *kindly, affably.*
miad, see meud & miadan.
miadaich, *v.* see meudaich.
miadan, -ain, *pl.* -an & -ain, *s.m.* Meadow, plain, grassy plain.
————ach, -aiche, *a.* Abounding in meadows or grassy plains.
miadar, -air, -an, see miadan.
miad-fheur, -fheòir, *s.m.* Meadow grass.
————ach, *a.* Abounding in meadow grass, grassy. 2**Having long grass.
mi-àdh, -àidh, *s.m.* Bad fortune, evil luck, misfortune, unlucky event.
miadh, *s.m.ind.* Honour, esteem, respect. 2* Demand, call. 3 (DMC) Love, desire for. Cha'n 'eil m. sam bith air crodh, *there is no demand for cattle* ; meas agus m., *respect and approbation* ; gun mh. gun bhàigh, *without honour or affection* ; Fionn a chuir m. oirnn, *Fionn who honoured us.*
miadh,** *s.m.* Misfortune, mishap, bad luck.
————ach, -aiche, *a.* Precious. 2 see miadhail.
mi-àdhach, -aiche, *a.* Unfortunate, unlucky.
miadhail, -e, *a.* Honourable, noble. 2 Esteemed, respected. 3 Famous. 4 Desirable. 5 In great demand, precious, valuable. 6 *Fond of. Tha 'm buntàta m., *potatoes are in great demand* ; m. mu 'chloinn, *dotingly fond of his children* ; gnothach m., a *precious thing.*
miadhalachd, *s. f. ind.* State of being held in great respect or esteem. 2 Preciousness. 3 Rareness. 4(DMC) Attachment, fondness. 5 Degree of demand.
miadhar, -aire, *a.* see mi-àdhmhor.
mi-adhartach, -aiche, *a.* Backward, hesitating. 2‡‡Unprogressive.
————————d, *s.f.ind.* Backwardness, hesitation. 2 State of being backward in any work.
mi-àdhmhor,** *a.* Unfortunate, unlucky, untoward. 2 Awkward.
————————achd, *s.f.ind.* Unfortunateness.
mialuigh,(AF) *s.f.* Hog, sow.
miag, see meigead.
miag, *s.* see miog. 2* Mew. ‡(DC) see mèag—*Perth.*
miag,* *v.* Mew, as a cat.
miagach, see miogach.
miagail, see meigeall. 2 Mewing, as a cat.
mi-agh,** *s.m.* Disrespect, dishonour, disrepute.
migh, see miadh.
————ach, see miadhach.
miaghar, see miaghair.
mi-àghmhor, see mi-àdhmhor.
————————achd, see mi-àdhmhorachd.
mi-àigh, see mi-adh.
————ail, see miadhail.
miag-shùil, -shùla, -shùilean, see mìog-shùil.
————————each, -eiche, *a.* see mìog-shuileach.
mi-aithris, *v.a.* Miscite.
mial, -a, -an, *s.f.* Louse. 2 (AF) Barbel, see breac-feusagach. ‡3 Any animal.
mialach, -aiche, *a.* Lousy, pediculur. An galar m., *phthyriasis, the lousy disease.*
————as, ais, *s m.* Lousiness.
————d, *s.f.ind.* Lousiness.
mialag, -aig, -an, *s.f.dim.* of mial. Little louse.
————ach, -aiche, *a.* Abounding in small lice.
mialaich, ‡‡ *v a.* Louse.
mi-a'aint,(DMC) *s. f.* Misfortune, trouble. M. ort ! *bother you !*
————each, (DMC) *a.* Troublesome, annoying.
mialair, *s.m.* Bearer of a quern (stick on which the upper stone rests.)
————eachd, *s.f.* Lousiness.
mial-bhalla,(AF) *s.f.* Wall-insect or louse.
mial-bhuidhe,‡‡ *s f.* Hare.
mial-bùiru,(AF) *s.f.* Whale.
mial-chaorach, *s.f.* Sheep-tick. 2 Sheep-ked—*melophagus ovinus.*

526. *Mial-chaorach.*



527. *Mial-nan-each.*

mial-bhuidhe,(AF) *s.f.* Hare.
mial-cnoille,(AF) *s.f.* Wood or tree-louse.
mial-chon** *s.f.* Dog-louse, dog-tick.
mial-chòsach,(AF) *s.m.* Centipede.
mial-chrìon, *s.f.* Moth. 2 Wood-louse.
mial-chù, -choin, *s.m.* Greyhound.
mialachrìona, *s.pl.* Tineæ acari. 2 (DMC) Ringworm. 3 (DU) Frequently applied to chilblains.
mial-fhiodha, *s.f.* Bug.
mial-gailbeach,(AF) *s.* Barbel, see breac-feusagach.
mial-goile,** *s f.* Belly-worm.
mial-lòghach, *s.f.* Crab-louse.
mial-mùig, see muile-mùig.
————————ach, see màgach.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

mial-mhàgain, *s.f.* Toad, squat beast.
mial-mhaigheach,(AF) *s.* Hare.
mial-mhara, *s.f.* Whale. 2 Sea-monster. 3 Sea-louse.
mial-mhonaidh,(AF) *s.f.* Water-louse, flea, water-spider.
mial-mhór, *s.f.* Whale.
mial-mhór-a'-chuain, *s.f.* Sea-serpent.
mial-mhór-mhara (AF) *s.f.* Sea-monster. Seachd ròin sath mial-mhór-mhara, *seven seals make a meal for the sea-monster.* This cannot represent the whale, as it is generally translated, for whales could not swallow seals.
mial-mòine,* *s.f.* Peat-louse.
mial-nan-each, *s.f.* Horse-louse—*trichodectes equi.* [illust. 527 on p. 619.]
mial-nam-muchd, *s.f.* Sow-louse—*hæmatopinus suis.*

528. Mial-nam-muchd.



529. Mial-phònair.

mial-phònair, *s.f.* Bean-plant louse—*aphis fabæ.* The wingless female is shown in illust. 529, and the winged male in 530.



530. Mial-phònair.

mial-ròn, *s.f.* Seal.
mial-spàgach,* *s.f.* Crab-louse.
mialta, *a.* Of a soft, pleasant or sweet countenance, *prov* for màlda.
mialtachd, *s. f. ind.* Softness, pleasantness, sweetness of look.
mialtag, *s.f.* see ialtag. 2 (AF) Fly, gnat.
———— -leathair, see ialtag.
mial-thràghad,(WC) *s.f.* Seashore-flea.
mi-altrum, -uim, *s. m.* Bad nursing or careless rearing. Cinnidh mac o mh., ach cha chinn e o 'n aog, *a son may grow in spite of bad nursing, but he cannot escape the grave.*
miamh, (AC) *s.* Substance.
———, *a.* Fat sweet, rich, as milk. Le guth màlda m. *in a voice low and sweet.*
miamh,‡‡ *v.a* Mew.
miamhail, -e, *s.f.* Mewing, as of a cat.
mian, see meinn.
miannach,** *a.* Abounding in ore, (mèinneil.)
mianan, -ain, -an, *prov.* for meanan.
mian-thaobhdh,** *s.* Yawn.
miann, -ainn, -tan, *s.m. & f.* Desire, will, purpose, intention. 2 Appetite, hunger. 3 Desire, love, lust. 4 The thing desired or loved. 5 Longing peculiar to a woman with child. 6 Mole on the child, due to that desire not being satisfied. 7 Complete satisfaction. 8 **Delight.
'Dé tha a' mh. ort a dheanamh? *what do you intend to do?* am m. leat blàr? *is your intention battle?* an sàsaich thu miann an leòmhainn òig? *wilt thou satisfy the appetite of the young lion?* a sluaigh gun chiall, a thug miann do 'n òr, *ye senseless people that bestowed your affections on gold;* tha a' mh. sin orm, *I purpose to do that;* tha a' mh. air teicheadh, *he means to desert, to decamp;* m. nan aingidh, *the desire of the wicked;* bàs mo naimhdean cha mhiann leam, *I do not desire the death of my foes;* ma tha a' mh. ort dol dhachaidh, *if you intend going home;* cha'n 'eil am m.-san sàsaichte, *their appetite is not appeased;* am m. leat sìth? *do you wish for peace?* rinn e e g' ad mh., *he did it to your entire satisfaction;* tha m. air 'aodann, *there is a mole on his face;* bu mh. leis triall, *he chose to go* m. mo shùl, *the delight of my eyes;* m. a' chait 'san tràigh 'us cha toir e fhéin as e, *a proverbial saying referring to the cat's fondness for fish, which he cannot catch himself.* In *Arran,* tha e a mh.=*he wishes to,* as,tha e a mh. a dheanamh, *he wishes to do it.*
miannach, -aiche, *a.* Desirous, wishful, longing. 2 Hungry, having a keen appetite. 3 Desirable, longed for, loved. 4 Covetous, greedy. 5**Pleasant.
————adh, -aidh, *s.m.* Desiring, act or circumstance of desiring, longing, wishing for. 2 *Coveting. A' m—, *pr.pt.* of miannaich. A' m. cuid dhaoin' eile, *coveting the property of others;* a' m. gu mór 'fhaicinn, *longing to see him.*
————as, -ais, *s.m.* Appetite, desire, longing. 2**Greed. 3**Flavour.
————asach, *a.* Desirous.
————d, see miann.
miannag,** -aig, -an, *s.f.* Covetous female. 2 Greedy girl.
————ach, -aiche, *a.* Fond of dainties. 2 Desirous of trifles.
miannaich, *pr.pt.* a' miannachadh,*v.a. & n.* Desire, wish for, long for. 2 Covet. 3 Lust after, fix one's heart on. Na m. a sgèimh, *do not lust after her beauty.*
————te. *past pt.* Desired, longed for, wished. 2 Coveted.
miann-amhairc,(MS) *v.n.* Leer.
miannar, -aire, *a.* (for miannmhor) see miannach.
miannas, see miann.
————ach, -aicne, *a.* Covetous, greedy. 2 Lustful, longing, desirous.
————achd, *s.f.ind.* Covetousness, greediness, lustfulness.
miann-fion, *s.m.* Kind of mole, known as "port-wine mark."
†miannghas, -ais, see ana-miann.
miannmhor, see miannach.

Generated on 2019-12-14 19:05 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t4pk5m49f
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

miannmhorachd, see miann.
miann-Muire,§ *s.* The plant Alpine lady's mantle—*alchemilla alpina*, see trusgan.
miannuich, see miannaich.
mi-aogas, -ais, *s.m.* Bad or uncomely appearance, unseemliness. 2 Unlikelihood.
———ach, -aiche, *a.* Unseemly, unbecoming, of a bad appearance. 2 Unlikely. 3 Indecorous.
mi-aoidh, -e, *s.f.* Disfavour.
mi-aontachd, *s. f. ind.* Inconformity, nonconformity.
miapachd, see mi-thapachd.
miapadh, -aidh, *s. m*, Disgracefulness. 2 Surprise, scare. 3 Cowardice. 4 see mithapadh.
miapaidh, -e, *a.* see mi-thapaidh 2**Disgraceful. 3**Sad. 4(DMC) Frightful, easily scared. 5* Cowardly.
miar, -eóir, -an, see meur.
——achd,(CR) *s.f. Skye* for mèarachd.
miarag, see meurag.
miaran, see meuran.
miaran, *Skye &c.* for mèanan.
miarbhail, see mìorbhuil.
———each, see mìorbhuileach.
mias, -èise, -an, *s.f.* Plate,dish, platter. 2 Plate of meat. 3 (DU) Basin. 4** *rarely* Altar. Geal-mhias mhór, *a large white plate*; ceann Eòin Baistidh air mèis, *the head of John the Baptist on a dish.*
miasach, -aiche, *a.* Abounding in plates or dishes. 2 Like a plate or dish.
miasdadh,(DC) *s.m.* Mischief done by cows and horses that have broken loose in corn, &c.—*Uist.*
miath, -a, *a.* see mèith.
——achd, see mèitheachd.
mogarra,‡‡ *a.* Robust, brawny.

†**mogh**, see modh.

mòghar, -aire, *a.* see mòdhar.

mogh-saine, see modh-saine.

mogh-sanntachd, see modh-sanntachd.

moghul, see mogul.

moghna, (AF) *s.m.* Salmon.

moghan, -uin, see modhan.

moglach, see mogulach.

moglachadh, -aidh, *s.m.* Husking, act of husking, or taking off husks. 2 (AH) The act, on the part of fish, of going into the meshes of a drift-net. A' m—, *pr. pt.* of moglaich.

moglaich, *pr. pt.* a' moglachadh, *v. a.* Husk, take off the husks, unhusk. 2 Knit. 2(AH) Get involved in the meshes of a drift-net.

———te, *past pt.* of moglaich. Husked, stripped of the husks.

moglaidh, *a.* Soft.

moglan-garbh, (CR) *s.m.* Sea-urchin—*Gairloch.*

mogul, -uil, -an, *s.m.* Husk, as of nuts. 2 Mesh, interstice of a net. 3 Shell, as of fruit. 5** Branch. 6**Skin of a boiled unpeeled potato. 7**Glebe. 8 Mesh, heddle-eye in loom. 9 Cluster, as of nuts. 10 (WC) Entanglement made by a conger eel in a herring-net. M. nan sùl, *the apple of the eye, the eye-lid*; bha e 'sa mhogul, *he was hesitating, undecided—Glenlyon.*

mogulach, -aiche,*a.* Husky, abounding in husks. 2 Reticular, formed in meshes, as a net. 3 Like net-work. 4 Shelled, husked. 5 Plenteous. 6 Branchy.

mogulan-tràghad, (WC) *s.m.* Sea-urchin—*Poolewe.*

mogul-lìn, *s.m.* Mesh.

mogunn, -uinn, see mogul.

mogur, -uire, *a.* Bulky, clumsy, corpulent.

moibeal, -eil, -an, *s.m.* Broom, besom, mop.

———ach, -aiche, *a.* Of, or abounding in, brooms or mops. 2 Like a broom.

moibean, -ein, -an, see moibeal.

———ach,** *a.* In tufts, moppy.

———achadh, -aidh, *s. m.* Act of rubbing, scrubbing or washing with a mop. A' m—, *pr.pt.* of moibeanaich.

moibeanaich, *v.a.* Rub, mop, wash with a mop.

———te, *past pt.* of moibeanaich. Rubbed or washed with a mop.

moibill,* *pr. pt.* a' moibleadh, *v.a. & n.* Gnaw, half-chew. 2 Mumble, mutter.

moibleach,** *a.* Gnawing, chewing. 2 Half-chewing, nibbling.

moibleadh, -eidh, *s.m.* Gnawing, half-chewing, "making a mop of." 2** Nibbling. 3 Mumbling, muttering.

moibleas, *s.m.* see moibleadh.

moiblich,†† *pr.pt.* a' moibleadh, *v.a. & n.* Gnaw, half-chew. 2 Mumble.

moiche, *comp.* of moch.

moiche, *s.f.* Earliness, as of the day, dawn.

moichead, -id, *s.m.* Degree of earliness. A' dol am m., *growing earlier.*

mòid, *adv.* More, the more.

mòil, *comp.* of mòr.

mòid, -e, *s f.* Greatness, degree of greatness.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

2 Height, size, bulk, dimensions.
Cha mh. gu'n tig e, *perhaps he will not come;* uime sin bu mh. a dh' iarr na h-Iudhaich a mharbhadh, *in consequence of that, the Jews desired still more to kill him;* m. meanmnaidh, *the height of courage;* bu mh. a ghlaodh e, *the more he cried;* cha mh. e sin, *it is nothing the greater for that.*
mòid, *gen. sing.* of mòd.
mòid, -e, -ean, *s.* see bóid. 2 *v.* see bóid.
——each,** *s. & a.* see bóideach.
——eachadh, -aidh, *s.m. & pr.pt.* see bóideachadh.
moideadh, see bóideadh.
moidheach, see maigheach.
mòidich, see bóidich.
———te, see bóidichte.
moidireadh, *a.* Out of sorts. 2 Heedless from sickness.
moidreag, see moighreag.
mòidte, see bóidte.
moigean, -ein, -an, see mogan. 2†† Dumpy little fellow. [mòigean in *W. of Ross.*]
moigeanach, -aiche, *a.* see moganach. 2 Fat, squat, plump, chubbed. 3 Jolly.
moign, see muigh.
——each, see maigheach.
moigheanar,** *a.* Happy, festive.
moighre, *a.* Stout, robust. 2 Handsome. 3 Bouncing.
moighre, -an, *s.m.* Stout or handsome man. 2 *s.f.* Bouncing female.
moighreag, *s.f.* Plump girl, fat, plump, good-natured female child.
moil, -e, *s.f.* Hair matted together. 2 Heap cast up. 3 Kind of black worm. 4 see maille. 5‡‡ Swelling caused by hammering on the handle or head of a tool. [†† gives moile for No. 5.]
moilcheann, (CR) *Suth'd.* for muinichill.
moile, *s.m.* Impatience—*N. Argyll.* (boile.) [M. is due to eclipsis.]
moileadair,** *s.m.* Molester.
moilean, -ain, -an, *s.m.* Plump, fat child. 2** Bulb. 3 Little lump or heap. 4(AC) Kind of cake made on the palm of the hand. 5**Diminutive, rotund person. 6* Plump man. 7 Stout, young male animal.
moileanach, -aiche, *a.* Plump, fat and of low stature. 2 Bulby. 3 Having the hair matted together.
moileanach,* *s,m.* Plump young man.
moille, *prov.* for maille.
——ach,** *a.* Dilatory, tardy. 2 Pampering.
moilt,** see muilt.
moilteag, -eig, -an, *s.f.* Woman of low stature and stout; term of ridicule. 2**Lusty little girl. 3**Comely little girl.
moiltean,** *s.m.* Hoggrel.
moim, -e, -ean, see maoim.
moine, *gen.* mòna [& mòine,] *s. f. ind.* Moss, mossy place, morass, bog. 2 Peat, turf. Cruach mòna, *a peat-stack;* poll mòna, *a peat-moss;* fòid mòna, *a peat;* ris a' mhòine, *making peats.*
NAMES OF PARTS OF A PEAT-BANK, (bac-mòine, poll-mòna, ♂ poll-mòineach *or* ♂ poll-monach.) Names supplied by D. Murray, Aberdeen, are distinguished by a ♂.
bàrr-fhad, *top tier of sedgy marsh when cutting peats.* (barrfhad—♂.)
broinn a' phuill, ♂ *front of peat-bank.* (DM C) iochdar a' phuill.
caoran (an), ♂ *lowest tier in peat-bank.*
carcair, ♂ *portion of peat-bank stripped of the top turf from end to end.*
ceann a' phuill, ♂ *upper end of bank.*
druim a' phuill, ♂ *back of peat-bank.*
earball a' phuill, *lower end of bank.*
fàd a' ghàraidh, ♂ *second tier, if it is three deep.*—*prov.* for fòd a' ghàraidh.
fàd a' chaorain, *or* an caoran, ♂ *lowest tier in a peat-bank.*
resg, riasg, *or* rèasg, ♂ *top turf above moss, the sedgy marsh or moss of which the peats are composed.*
rudhan (an), ♂ *the small heap in which peats are built to dry, after being cut for a month, consisting of three peats and one on top.*
sgeir, (AH) *a peat-bank with an adjoining piece of heath-land on which the cast peats are spread to dry.*
When 12 peats are placed in a circle to dry, they are called *teinneanan;* 12 placed crosswise are *bocsaichean;* peats placed diagonally (generally in long lines) are *air a chois bhig;* set two and two diagonally in rows they are said to be *dà fhòid air aon.*
mòineach, see mòinteacnail.
———ail, see mòinteachail.
moineag,** -eig, *s.f.* Bogberry.
———ag, -aig, -an, *s.f.* Pea- or bean-pod.
moineas, (AF) -eis, *s.* Female seal. 2 see moineiseachd.
———ach, see moineiseach.
mòine-chaibe, (DMK) *s. m.* Kind of peats cut with a common spade, without the surface of the ground having been previously pared—*Caithness.*
moineil,(AC) *a.* Slow.
moineis, *s.m.* False delicacy. 2 †† Slowness, laziness, see mainneas. 3(AC) *s.f.* Female of the grey seal.
moineiseach, -eiche, *a.* Low. 2 Diffident. 3 Dilatory, sedate, mild, dull, inactive, see mainneasach. 4 Fastidious. 5 (AC) Delicate, backward.
moineiseachd, *s.f.* Tardiness, dilatoriness, dulness, inactivity, sedateness, mildness.
mòine-sluasaid,(DMK) *s.f.* Kind of peats having the same breadth and thickness. They are cut by the operator standing in the face of the bank, and pushing the spade forward horizontally—*Caithness.*
mòin-fheur,§ -fheòir, *s.* Waved hair-grass, mountain grass, coarse meadow-grass — *aira flexuosa.* 2 Meadow.

539. Mòin-fheur.

moingeasach, see moineiseach.
†moingreult, *s.f.* Comet.
moinig, -e, *s.f.* Vanity, boasting, confidence. 2 Boasting of favours conferred. 3 Fastidiousness.
moinig,** *a.* Vain, boasting. 2 Trusting to.
moinigeag, see meiligeag.
moinigeil,* -e, *a.* Fastidious, assuming indifference, making nice.
moinse, -an, *s.f.* Great pit. 2 Peat moss.
moinseach,** *a.* Abounding in large pits.
mòinteach, -eich, *s.f.* Mossy place, moss, peat-moss. 2 Moorland. M. liath, *grey moss;* a' siubhal mòintich, *travelling the moors or moss.*
mòinteach, -eiche, *a.* see mòinteachail.
mòinteachail, -e, *a.* Mossy, boggy, marshy, fenny.
mointeach liath,§ *s.f.* Bog-moss—*sphagnum.*
mòinteain, *pl.* of mòine.
mòintich, -e, *a.* Moorish.
mointidh, -e, *a.* Mossy, boggy, marshy, moorish.
mòintidheachd, *s.f. in l.* Bogginess, marshiness.
moiseal, -eil, -an, see mutseal.
moisean, -ein, -an, see moibean.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

móir, *gen.sing masc.* of mór.
moirb,** -ean, *s.f.* Emmet, ant.
moirbh, see moirb.
móirchèart, -eirt, *s.m.* Justice. 2**Mercy.
moircheas,**-eis, *s.m.* Falling sickness, epilepsy.
Moire ! see Mhoire !
móire, *gen.sing.fem.* of mór.
moireachd, see moraireachd.
móiread, -eid, see meud.
moireag, -eig, -an, *s.f.* Borer, toredo. 2‡‡Small shell—*testudo exigua.*
moireagad, *s.f.* see moirigeachd.
moireagan, *dim.* of moireag.
moireal, -eil, an, *s. m.* Boring iron, wimble, auger. 2 see moireag (deigh.)
moirealach, -aiche, *a.* Furnished with augers. 2 Like an augur. 3 Boring like an auger.
moireamas,** *int.* †Marry *prov.* corruption of Moire (the Virgin Mary) or perhaps mispronunication of moramas, m' oram, or air m' urram, *on my honour.*
moirear, -ir, -an, see morair.
moirearachd, *s f.* see moraireachd.
moireas, -eis, *s m* Haughtiness pride. 2** Epilepsy.
moireasach, -aiche, *a* Haughty, proud. 2** Epileptic.
moireasadh,** -aidh, *s.m.* Epilepsy.
moirfhear, -ir, -an, *s.m.* see morair.
————achd, see moraireachd.
moirgean,(CR) *s.m.* Fat little person—*West of Ross-shire.*
moirneag,(AF) *s.f.* Small shell fish. 2 Shell.
mòirneas, -eis *s m.* Great cascade or waterfall. 2 Volcano. 3 Melted metal. Mar mh. de theine theintich, *as a stream of lava.*
moirneasach,** *a.* Streamy, streaming.
moirt,** *s.f.* Dregs, lees.
moirteach ** *a.* Dirty, having dregs.
moirteal,** -eil, *s.m.* Cripple. 2**Rafter. 3** Mortar, plaster.
moirtear,** -eir, -an, *s.m.* Mortar.
moirteis,** *s.f.* Mortice. [Tenon, as given by ** is wrong.]
†mois, s. Custom, manner. M is-leabhar, *a book on ethics.*
moiseach, *a.* Snouty, sullen, surly.
moisean, -ein, -an, see muisean.
moiseanach, -aiche see muiseanach.
————d, see muiseanach !.
moislich (CR) *v.n.* Stir (out of sleep)—*Strathtay.* Smoislich in *N. Argyll*—(All) (mosglaich.)
moit, -e, *s.f.* Sulkiness, sullenness, moroseness. 2 Pride. 3 Short neck, as of a bird cresting up. 4 see moitealachd. 5* Pretended indifference about a thing one is very keen for, nicety about a thing one is fond of. Goic m., *a cocking up of the head with a short neck;* bean gun mh., *a wife without sulkiness.*
moitealach, -aiche, *a.* see moiteil.
moitealachd, *s.f.ind.* Fastidiousness, nicety, shyness, daintiness, pettishness, prudery, assuming airs of importance. 2 (MS) Toss.
moiteil, -e, a. Sullen, sulky, morose. 2 Pettish. 3 Proud, gallant. 4 Airy, assuming airs, dainty, fastidious. 5 Shy. 6 Prudish. 7 Affectioned. 8* Pretending indifference. 9 Boasting. Maighdean mh., *a sulky maid, a prude.*
mol, *pr.pt*, a' moladh, *v.a.* Praise, extol. 2 Recommend, advise. 3*Exalt, magnify. Moladh m' anam Dia, *let my soul praise God;* mholainn dhuit dol dachaidh, *I would recommend you to go home;* mholainn dhuit na buinn a thoirt leat, *or* a thoirt as.) *I would recommend you to take to your heels.*
mol, -oil & -a, -an, *s f.* Shingly beach. 2(DU) Shingle. 3(AF) Flock of birds.
†mol, -oile, *a.* Loud, clamorous.
†mol, -a, *s.m.* Number. 2 Flock. 3 Assembly, gathering. 4 Ball. 5 Heap. 6 Beam.
molach, *s. m.* (MS) Shough. 2 Rough-haired dog, poodle.
molach, -aiche, *a.* Hairy, rough. 2 Stormy. 3 Hoarse. Cas mh. Bhrain, *Bran's rough leg*, a' mhuir mh., *the stormy sea ;* mar fhalluinn mholaich, *like a hairy garment.*
molachan,** -ain, *s.m.* Tuft of hair. 2 Hairy place. 3 Slough, bog. 4 Vessel.
molachas, -ais *s.m.* Roughness, hairiness. 2 Hoarseness.
moladair,** *s.m.* Applauder, approver.
moladh, -aidh, *s. m.* Praising, eulogising, applauding. 2 Act of praising or commending. Recommending, advising. 3 Act of recommending or advising. 4 Praise, applause. A' m—, *pr pt.* of mol. M. na h-ainnir, *the virgin's praise ;* tha e air a dheagh mh., *he is well praised ;* cha mh. do mh., *your eulogy is no praise.*
molam,** *1st.sing.imp.* of mol.
molan, -ain, -an, Small temporary stack of corn, see mulan.
molanach, -aiche, see mulanach.
mo laochan ! *int* Well done ! (my hero)
molar, *fut.pass.* of mol.
molcha,(AF) *s.* Horned owl, see comhachag-adharcaiche.
mòldair,(MS) *s.m.* see mòlltair.
moldair-ìme, *s.m.* Butter-print.
mo léireadh ! *int.* Alas !
mo leòn ! *int.* Woe's me ! alas !
moll, muill, *s.m.* Chaff, dust. 2**Refuse. 3** Station. 4**Frame. Mar mh. air 'fhuadachadh le gaoith, *as chaff driven by the wind ;* leaba mhuill, *a chaff-bed.*
molla,(AF) *s* Sheep.
mollach, -aiche, *a.* see mollmhor.
mollachd, *s.f.ind. Northern* form of mullachd.
mollaich, *Northern* form of mallaich.
mollar, see mollmhor.
molldair, *s.m.* Plasm.
mollmhor, -oire, *a.* Chaffy, abounding in chaff.
mollsgaid,(MS) *s.f.* Negligence.
————each, *a.* Negligent.
mòlltair, -ean, *s. m.* Mould or frame, for casting iron or other substance in a molten state. 2**Plasm. 3 Model.
molltair, -ean, *s.m.* Mill dues, multure, miller's toll.
mollte, *past pt.* Praised, lauded.
molluich, see mallaich.
mol mhògag, *W. of Ross* for muile-mhàg.
mol-muilinn,** *s. m.* Beam which turns round in a mill, and sets the whole in motion.
mol-olla,** *s.m.* Ball of wool.
†molrach,** -aich *s.m.* Giant.
molt, *gen.* moilte & muilt. *s.m.* see mult.
molta, *past pt.* of mol. Praised, extolled.
moltach, -aiche, *a.* Praising, laudatory, given to praising or commending. 2 Praiseworthy, commendable. 3 Ready to praise
moltachail, -e, *a.* Laudatory.
molltainneach -eiche, *a.* Recommendatory. 2 Panegyrical.
molltair, -ean, see molltair.
——,(CR) *s m.* Grist, grain to be ground—*Skye.* Mar mh. an opar *like grain in a hopper.*
mol-fhear,(MS) *s.m.* Applauder.
molluach,** -aich, *s.m.* Marsh.
momha, see mò.
momha'de,* see mòid.
momhar, see momhar.each.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

momharach,** *a.* Stately, noble, pompous.
mo mhasladh ! *int.* Alas ! (*lit.* my disgrace !)
mo 'n, see mu 'n.
†mon, -oin, *s.m.* Truck.
mòna, *gen.sing.* of mòine.
monabhan, *s.m.* see monmhar.
mona-bhuachaill, see muna-bhuachaill. [ning.
monach, -aiche, *a.* see monadail. 2**Wily, cun-
monachan, *s.pl.* Hills, mountains. 2 Moors. (better monaidhean.)
monadail, *a.* Mountainous, moorish, hilly. 2 Desert.
monadalachd,‡‡ *s.f.* Mountainousness.
monadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Mountain, moor, range. 2 Heath, heathy expanse, desert. 3 Tolerably level hill-ground. 4(AH) Any hill-pasture as distinguished from meadow and arable land. †5**Money. Air feadh mhonaidh, *through the moor* ; 's a' mhonadh, *on* (lit. *in*) *the hill* ; mullach a' mhonaidh, *the highest part of the moor.*
monag, see monog.
———an, (DC) *s. m.* Little child at the stage when he or she goes on all fours.
monaghair, -e, -ean, *s.f.* see monmhar.
————each, -eiche, *a.* see monmharach.
monaghar, see monmhar.
monaidh, *gen.sing.* of monadh.
monair, *gen. sing.* of monar.
mo naire ! *int.* Alas ! (*lit.* my shame.) Mo nàire ort fhéin ! *fie upon you !*
mo nàire 's mo leaghadh, *int.* Alas ! alas ! (*lit.* my shame and my melting.)
mo naire 's mo mhasladh ! *int.* O for shame !
monais, -e, *s.f.* Slowness, dulness. 2 Inattention, negligence. 3**Sedateness. 4** Gentleness. 5 (DMu) Sense, coherent talk, said of a patient. 6 AH) Clumsiness or awkwardness in any manual work. Am bheil m. aige ? *does he talk coherently ?—Black Isle.*
———each, -eiche, *a.* Slow, dull. 2 Inattentive, negligent. 3**Gentle. 4**Sedate.
———eachd, *s.f.ind.* see monais.
monaistir,** *s.f.* see mainistir.
monar, -air, -airean, *s.m.* Dwarf, diminutive person or thing. 2 Small matter, trifle. 3* Refuse. 4 Contemptible person or object. 5** Murmur. 6 Purling noise. 7†† Uproar. †8 Work. Tha, 's cha b' e m. e, *yes, and it is not the refuse—he is a great man or person.*
mo aran, -ain, -an. *s.m.* Mote. 2**Dogberry.
monasg, -aisg, *s. f.* Chaff. 2 Dross, refuse. 3 Particle—*Arran.*
monasgach, -aiche, *a.* Abounding in chaff, dross, or refuse.
monag, muing, *s.m.* see muing. †2 Edge, border.
mongach,** *a.* Fiery. 2 Red.
mongach-mheur, *pl.* -aich-mheura, *s.f.* Hemlock, see minmheur.
mongaineach, -eiche, *a.* Maned.
mongair,** *s.m.* Shaver, trimmer, clipper.
mongar,** -air, *s.m.* Roaring.
mong-steudach, (AF) *s.m.* Fine-crested steed.
monlach,** *a.* Hairy, rough, shaggy. 2 Brushy.
monmhar, -air, -an, *s.m.* Murmur, uproar. 2 Detraction. 3 Complaint, grumbling. 4 Moaning. Is binn m. thonn do 'n ròn, *sweet is the moaning of waves to the seal.* [Sometimes monmhur.]
———ach, -aiche, *a.* Murmuring, complaining, grumbling. 2**Noisy.
monog,§ *s. f.* Bog- or peat-berry. 2 Cranberry. see muileag.
mo nuar ! ** *int.* Alas ! alack-a-day ! woe is the day !
monusg, see monasg.
mop,** moip, see mob.
mopach, -aiche, *a*, see mabach. 2 see mobach.
mopag, see mobag.
mór, *1st. comp.* mò. *2nd. comp.* mòid, *3rd. comp.* muthad, *a.* Great, large, of great size. 2 Great, many, of great number. 3 Great in extent, extensive. 4 Important. 5 Chief, principal. 6 Noble, of high rank. 7 Tall, of high stature. 8 Proud. 9 Lofty. 10 Familiar, much acquainted. 11 Valued, esteemed. 12 Hard, difficult of accomplishment. 13 Spacious, capacious. 14 Much, in great degree. 15 Abundant, copious. 16 Mighty, powerful. 17 Haughty. 18**Heavy. 19**Wide. 20 Corpulent, bulky. 21 Vivid, of lightning. 22 (DC) Notorious for evil qualities, or such as are not to one's credit—*Argyll.*

Duine m., *a great man* ; sluagh m., *a great or numerous people* ; an sluagh m., *the nobility;* ni m., *an important affair* ; cho m. as féin ris a' mhac-mhollachd, *as self-important as Lucifer* ; tha iad m. aig a chéile, *they are great chums* ; tha iad cho m. aig a chéile 's is urrainn iad, *they are as familiar as possible* ; tha e m. ort a dheanamh, *it is hard for thee to do it* ; tha e m. leat 'ga dheanamh, *you don't want to be bothered with it* ; bu mh. aca féin e, *they thought much of it themselves* ; is m. a dh' fhulaingeas cridhe ceart mu'm bris e, *a well-regulated heart will suffer much ere it break* ; bha 'n dealan m., *the lightning was vivid* ; thachair a bhràthair m. ris, *he has met one stronger than himself* ; eadar bheag is mhór, *both small and great* ; mór-uisge a' taomadh, *a great torrent pouring* ; gille m. mhic Eòghain, *the notorious son of Hugh—Argyll.*
mór, *adv.* Much, many. Is m. leam, *I think it too much* ; is m. leam sin a dheanamh, *I think it too much to go that length* ; is m. a dh'fhuiling mi, *greatly did I suffer* ; tha e ro mh., *it is too big ; 2 it is too much* ; cha mh. a chì e, *few shall see it* ; cha mh. math a th' air, *it is not worth much* ; am m. leat na dh' itheas e ? *do you grudge what he eats ?* cha mh., *almost* ; cha mh. nach do bhuail e mi, *he almost struck me* ; cha mh. nach e, *'tis not quite that* ; is mór aig' e, an ironical expression meaning *little does he think of it*, or *he makes little of it—W. coast of Ross.*
mór, -a, *s.m. poet.* Renowned, famous or mighty person. 2 Chivalrous person. Co tha coltach ri m. nan cliù ? *who is like the mighty of renown ?* am beag is am m., *both great and small* ; cha mh. nach, *almost.* [Generally mòr in poetry.]
mòr, see mór. Mòr is the spelling adopted by all Gaelic grammars and dictionaries except MacBain's and MacEachan's. MacBain's orthography has been adopted here.
morabanas,(WC) -ais, *s.m.* Murmuring.
————ach, *a.* Complaining.
mòrach,** *a.* August.
mòrachadh, -aidh, *s.m.* Enlarging, act of enlarging. 2 Exalting, act of exalting of dignifying. 3 Aggrandizement. A' m—, *pr.pt.* of mòraich.
mòrachd, *s.f.* Greatness, majesty, dignity, rank. 2 Excellency. 3* Mightiness. Do mh. rioghail, *your royal highness.*
moradh,** -aidh, *s.m.* Augmentation.
moragan,(WC) -ain, *s.m.* Lump-sucker (fish)—*Pootewe.*
moraghanach, -aiche, *a.* Calculous.
mòraich, *pr.pt.* a' mòrachadh, *v. a.* Enlarge, make greater. Exalt, dignify, ennoble, magnify. Mòraichear t' ainm, *thy name shall be exalted.*
————te, *past pt.* of mòraich. Enlarged, 2

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

Exalted, dignified, advanced.
mór-aigeannach, -eiche, *a.* see mór-aigneach.
mór-aigeantach, see mór-aigneach.
neo-aigeantachd, *s. f. ind.* Magnanimity. 2 Highmindedness. 3**Ambition.
mòr-aigne, *s.* Magnanimity. 2**Ambition.
————ach, -eiche, *a.* Magnanimous. 2**Ambitious. 3**High-minded.
————adh, -aidh, *s.m.* see mòr-aigne.
mòrail, -e, *a.* Majestic, magnificent. 2 Great. 3** Proud, pompous. 4** Powerful. 5** Vain-glorious.
mòrail,** -e, *s.f.* Triumph.
mòrainn,(DMK) *s.* The day before yesterday—*Skye.* [Used with the article.]
morair, -ean, *s.m.* Lord. 2 Earl. 3 Nobleman.
——— dearg, *s.m.* Judicial lord, law lord.
———eachd, *s.f.ind.* Lordship, title, dignity. 2 **Earldom.
mòralach, -aiche, *a.* see mòrail.
————d, *s.f.* Greatness, dignity, majesty, magnificence. 2 Excellence. M. rìoghail, *royal majesty ;* m. 'na shùil, *majesty in his aspect ;* cainnt na m., *excellent speech.*
moralta, *a.* Moral.
————chd, *s.f.ind.* Morality.
————iche, *s.m.* Moralizer.
moram,** (air m' urram) On my word, on my honour.
moramas,** Marry, a sort of oath, see moireamas.
móran, -ain, *s.m.coll.* Great number, multitude, many. 2 Much, great quantity. Tha m. aca ag ràdh, *many of them assert ;* m. eile, *many more ;* m. nithean, *many things ;* m. chuideachd, *much company* ; m. éisg, *a great quantity of fish ;* m. nighean, *a great number of daughters ;* tha 'm beagan air fàs 'na mh., *the few have increased into a multitude.*
móran, *adv.* By a great deal. M. na's fhaisge, *a great deal nearer.*

540. Moran.

moran,§ -ain, *s. m.* Meadow saxifrage, fair maids of France, first of May—*saxifraga granulata.* 2§ Heath-rush, stool-bent, see bru-chorcan.
mór-aoibhneas,** -eis, *s.m.* Great joy.
mór-aonach,** -aich, *s.m.* Great assembly. 2 Market-place. 3**Great heath or moor.
morarail, -e, *a.* Lord-like.
mòr-beam,§ *s.* Mulberry—*morus.*
morbhach,‡ -aich, *s.f.* Land liable to sea-flooding.
mór-bhaile, -bhailtean, *s.m.* see baile-mór.
morbhan, -ain, see borbhan.
mór-bhan-diùc,(MS) *s.f.* Arch-duchess.
mór-bhileach, -eiche, *a.* Broad-brimmed.
mór-bhruidhneachas, -ais, *s.m.* Magniloquence.
mór-bhuadhach, -aiche, *a.* Having great or noble qualities. 2 Heroic, conquering.
mór-bhuaidh, -e, -bhuadhan, *s.f.* Heroism, bravery. 2 Great conquest. 3 Heroic achievement.
†morc, *s.* see torc. 2 (AF) Sow.
†morc, *a.* Great, huge.
morcaich,** *v.a. & n.* Corrupt, rot, (also morgaich.)
————, *a.* Corrupt.
morcaidheachd,** *s.f.* Corruption.
morcas, -ais, *s.m.* Corruption, rottenness.
morchadh, see morbhach.
mór-chiontach, -aiche, *a.* Capital (criminally.)
morchlais,** *s.f.* Magnificence.
mór-chliabhach, -aiche, *a.* Broad-breasted.
mór-chliùiteach, -eiche, *a.* Greatly renowned.
mór-chnàmhach, -aiche, *a.* Big-boned.
mór-choinnde,** *s.f.* Fleet.
mór-choinneal, -choinnle, *s.f.* Flambeau, torch.
mór-cholainneach, -eiche, *a.* Large or thick bodied, corpulent, bulky.
mór-chridhe, ** *s. m.* Great heart, generous heart. 2 Brave heart. 3 High or noble mind.
————ach, -eiche, *a.* Great-hearted, generous, magnanimous.
mór-chuairt, -e, -ean, *s.f.* Great circuit, grand tour. 2 Justiciary circuit.
mór-chuan, -ain, -antan, *s.m.* Great ocean.
mórchuis, -e, *s.f.* Pride, pomp, magnificence, splendour. 2 Boasting, vain-glory, ambition, state, pride, glory. 2 Exploit. Gu'n till thu le m., *that you may return with glory ;* crìonaidh do mh., *thy grandeur shall fade.*
————each, -eiche, *a.* Proud, pompous, magnificent, splendid. 2 Ambitious, high-minded, haughty, vain-glorious. 3 Powerful. 4 Heroic. Bu mh. a cheum, *proud was his pace.*
————eachd, *s.f.ind.* see mórchuis.
mór-chuisle,** -an, *s.f.* Artery, great artery.
mór-chuisleach, *a.* Having great arteries, arterial.
†morcroid, *s.m.* The highway. (marc-rod, *horse-road.*)
mordha,(AH) *s.* see morghath.
mòrdha, *a.* see mòr, mòrach, & mòrail.
————chd, *s.f.* see mòrachd.
mòr-dhàil, -ean, *s.m.* Great assembly, diet, congress, parliament. M. Bhreatuinn, *the British Parliament* ; m. na Gearmailt, *the Germanic Diet ;* m. shagart. *a conclave.*
mòrdhalach,** *a.* Magnificent. 2 Proud, pompous. 3 Powerful. 4 Brave.
mòrdhalaich,(MS) *v.a.* Aggrandize.
mór-dhamh,(AF) *s.m.* Leader among cattle.
mór-dhéidh, *s. f.* Aspiration, ardent desire, great fondness.
mór-dhòchas, -ais, *s.m.* Sanguineness.
mór-dhuilleagach, -aiche, *a.* Broad-leaved.
mor'ear, -eir, see morair.
————achd, see moraireachd.
mór-earballach, -aiche, *a.* Broad-tailed.
mór-earrann, *s.m.* Great division, see roinn-ruith.
mo réire, *int.* Certainly.
mor-fhach, } see morbhach.
mor-fhaich, }
morfhaich, see morbhach.
mór-fhairge, -an, *s.m.* Great sea, ocean, high-sea.
mór-fhàs,** *s.m.* Train oil. 2 Great growth.
mór-fhear, see morair.
————achd, see moraireachd.
mór-fhearrann, *s.* Great land, see roinn-ruith.
mór-fhlaithe, *vl.* of mór-fhlath.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

mór-fhlath, -aith, *pl.* -aithe & -aithean, *s. m.* Great chief. 2 Grandee, one of the nobility.
mór-fhleadh,** *s.f.* Great feast, epulation.

541. Mór-fhliodh.

mór-fhliodh, -a, *s.m.* Great masterwort—*peucedanum ostruithium.*
†morgach,** -aiche, *a.* Rotten, corrupt.
morgachadh, see morgadh.
morgadh, -aidh, *s.m.* Rottenness, corruption.
morgaich,** *v.a, & n.* Corrupt, rot, (also morcaich.)
morgan,(AF) *s.m.* Dog-fish.
†morgantach, -aiche, *a.* Magnificent.
———-———d, *s.f.ind.* Magnificence.
morgha, *a.* see mór.
morghadair, *s.m.* Smelt.
mòrghaileach,** *a.* Boastful.
mór-ghairdeachas,** -ais, *s.m.* Rapture.
morghan,(CR) *s.m.* Gravel, shingle. 2 Bank of gravel or shingle. 3 Pebbly beach.—*West of Ross-shire.*
mór-ghaisge, *s.f.ind.* Heroism, prowess.
———————il, -e, *a.* Heroic, of great prowess.
morghath,‡ *s. m.* Fishing-spear, trident. 2 Large spear, javelin.
———————ach, *a.* Armed with fishing-spears or tridents.
mór-ghlonn, -ghluinn, *s.m.* Heroism, prowess.
mór-ghlonnach, -aiche, *a.* Heroic, of great prowess.
mór-ghnìomh, -a, -ara, *s.m.* Great deed, exploit.
———————--———ach, -aiche, *a.* Of great deeds, performing great deeds. 2 Magnificent.
mór-ghràin,** *s.f.* Abomination, detestation.
mór-inntinn, -e, -ean, *s.f.* Great or noble mind.
———————————each, -eiche, *a.* Noble-minded. 2 High-minded, ambitious.
———————————eachd, *s.f.ind.* Greatness of mind, magnanimity. 2**High-mindedness, ambition.
mór-ionghnadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Astonishment, amazement. M. air gach neach, *everyone amazed.*
mòrlanachd, *s.f.ind.* Labour performed by tenants for their landlord. 2**Duty. (bòrlanachd is a better form. The *m* is due to eclipsis—am b—.)
mór-lannachd,** *s.f.* Feat in swordsmanship. 2 Carnage.
mór-lannair,** *s.m.* Powerful swordsman.
mór-laoch,** -laoich, *s.m.* Hero, champion.
mór-leithtromach, -aiche, *a.* Far advanced in pregnancy (also mór-leatromach.)
mòr-leithtromachd,** *s. f.* Advanced state of pregnancy.
morlo,(AF) *s.m.* Seal.
mór-luach, -a, *s. m.* Great value, great price. Cha deanainn air mh e, *I would not do it for a great reward.*
†mormanta, *s.m.* Wormwood.
mor-manta,§ *s*, Mugwort, see liath-lus.
mór-mhadadh, *s.m.* (AF) Wolf. 2 (AF) Pike.
mór-mhaor, -mhaoir, *s.m.* Lord-mayor 2 High-steward. 3 High constable. 4 see morair.
mór-mheanmnach, -aiche, *a.* High-minded, aspiring. 2 High-spirited. 3 Magnanimous.
mór-mheanmnachd, *s.f.ind.* High-mindedness, pride. 2 Magnanimity.
mór-mheanmnadh, see mór-mheanmnachd.
mór mheas, -a, *s.m.* High esteem, admiration. Am m., *in high esteem.*
———————,** *v.a.* Esteem greatly, value highly. respect.
mór-mhial,(AF) *s.f.* Whale.
mór-mhiann,** *s.* Aspiration.
mór-mhuinntir, -e, *s.f.* Great multitude. 2 Numerous household.
mór-mhuirne,** *s.f.* High spirit, mettle. 2 Gladness.
mór-mhùirneach,**a.* High-spirited, mettlesome. 2 Cheerful. Each m., *a mettlesome horse.*
mornaich, -e, *s. f.* Considerable quantity or number.
mornan, -ain, -an, *s.m.* Small timber dish.
moroich, see morbhach.
mor'-oich, see morbhach.
mór-righ, -rigrean,‡‡ *s.m.* Emperor.
morran,§ *s m.* Seakale or cabbage, see praiseach bhuidhe.
mór-rath,** *s. m.* Great luck. 2 Continued luck 3 Prosperity.
mór-roinn, -e, -ean, *s.f.* Province (*lit.* Great division.)
———————————eachd, -eiche, *a.* Provincial, of or belonging to, a province.
mor-sgoil, *s.f.* Academy.
mór-shàr, -air, *s. m.* Hero, mighty hero. 2 Great distress or trial. Lann a' mhór-shàir, *the sword of the mighty hero.*
mòr-sheisear, *s.f.* Seven persons.
mór-shluagh, -shluaigh, *s.m.* Multitude, host. 2 Congregation. 3 Army.
———————--———ach,(MS) *a.* Legionary. 2 Many peopled.
———————--———achd, *s.f.* Populousness.
mór-shoillse,** *s.f.* Splendour.
mort, -oirt, & muirt, *s.m.* Murder, manslaughter. 2 Massacre. M. Ghlinne-Comhainn, *the massacre of Glencoe.* A' m—, *pr. pt.* of mort.
mort, *pr. pt.* a' mortadh [& a' mort] *v.a.* Murder, massacre, slay. (also murt.)
———ach, -aiche, *a.* Murderous. 2 Murdering, massacring.
———achail, -e, *a.* Murderous, sanguinary.
———adh, -aidh, *s.m.* Murdering, act of murdering, slaughter. A' m—, *pr.pt.* of mort. Na dean m., *do not kill;* farmad is m., *envy and murder.*
———ail, -e, *a.* see mortach.
———air, -ean, *s.m.* Murderer, assassin. 2 Mortar.
———aireach, -eiche, *a.* Murderous, like a murderer.
———aireachd, *s.f.ind.* Murdering, massacring. 2 Murderousness.
mortal,** -ail, *s.m.* Mortar. 2 Lime.
mortar, -air, *s.m.* Mortar. 2 Lime.
mort-fhear, see mortair.
mór-thional,** *s.* Diet (meeting.)
mór-thir, -e, -ean, *s.f.* The mainland. 2 Continent. 3**Great shore. Mar neart tuinne gu m., *like a billow rolling in its strength to the main shore.* [** gives "Fàilt' ort-féin a mh. bhòidhich! *hail, thou beauteous mainland!*" but this saying refers to the Morar district, incorrectly written Mór-thir' in Gaelic.]
———————each, -eiche, *a.* Continental, of, or pertaining to a continent.
———————each, -eich, *s.m.* Mainlander, native or inhabitant of the mainland.
mór-thorach, -aiche, *a.* Very fruitful.
mór-thorach, -aiche, *a.* Far advanced in preg-

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

nancy.
mór-thriath, -a, -an, *s.m.* Great prince or chief.
mór-thuil,** *s.m.* Deluge.
†moruach, -uaich, *s.f.* Mermaid, sea-monster.
mór-uachdaran, -ain, -an, *s.m.* High governor, viceroy, regent.
mór-uaisle, *s.f.ind.* High nobility or rank.
————an, *s.pl.* The nobility, nobles.
mór-uasal,** *a.* Noble in birth. 2 Most noble, of the highest rank in nobility.
mór-urranta, -ainte, *a.* Very bold, daring, dauntless. 2**Self-confident. Gu m., *boldly.*
————chd, *s.f.ind.* Great boldness, intrepidity.
mór-ùthach, -aiche, *a.* Big-uddered.
†mos, *s.m.* Manner, fashion.
mò's, *adv.* Too. Tha a' chomain mò's mòr, *the compliment is too great.* [The s stands for *is* as in "tuille's mòr."]
†mosach, *a.* Of, or belonging to, fashion or manner.
mosach, -aiche, *a.* Nasty. 2 Filthy. 3 Worthless. 4 Insignificant. 5 Sordid, mean, avaricious, niggardly. 6* Inhospitable. 7 Rough, bristly. 8**Of dirty habits. Ni m., *a filthy thing*; is tu tha m.! *how inhospitable you are!*
mosag, -aig, -an, *s.f.* Tawdry, drabbish woman, 2 Worthless woman. 3 Mean, parsimonious or avaricious woman.
mosaiche, *comp.* of mosach.
————, *s.f.ind.* Nastiness. 2 Filthiness, smuttiness, scrubbiness, dirtiness. 3 Worthlessness, insignificance. 4 Avarice, parsimony.
————ad, -eid, *s.m.* Hoggishness.
mosaidh, see musaidh.
mosan, -ain, -an, *s.m.* Nasty fellow. 2 Sloven. 3 Worthless fellow. 4 Avaricious fellow.
mosan, -ain, *s.m.* Chaff. 2 Refuse.
mosg,** see mosgan.
mosgaid,(DC) *s. m.* Sumph, "a chiel to whom Providence has denied gifts, without making him an indisputable idiot"—*James Hogg.*
mosgaid,†† *s.f.* Sloth, negligence.
————each, *a.* Sumphish, clownish.
————each, -eiche, *a.* Dull, heavy, slow, spiritless.
mosgail, *pr. pt.* a' mosgladh, *v.a. & n.* Waken, rouse. 2 Awake, arise from sleep. Mosglaidh iad o 'n eug, *they shall awake from death.*
mosgain, -e, *a.* Rotten, musty, carious, mouldy, worm-eaten, moth-eaten. Fiaclan m., *rotten teeth.*
————each, see mosguineach.
————eachd, see mosgain.
mosgal,(DU) -ail, *s.m.* Refuse, leavings.
mosgalach, -aiche, *a.* Watchful, vigilant, attentive. 2 Active. 3 (WC) Trashy, dirty.
————d, *s.f.ind.* Watchfulness, vigilance, wakefulness, observance.
mosgaltach, see mosgalach.
————d, see mosgalachd.
mosgan,‡ -ain, *s.m.* Mustiness, rottenness, cariousness. 2* Dry-rot. 3††Rotten tree.
————ach,†† *a.* Abounding in, or pertaining to, rotten trees. 2††Full of rotten trees. 3 Musty, rotten, carious, mouldy, grey. 4 Worm- or moth-eaten. 5 Troubled. 6‡‡Rheumy.
mosganachd, *s. f.* Rheuminess. 2 Mustiness, mouldiness.
mo sgaradh! *int.* Alas! woe's me!
mosgladh, -aidh, *s.m.* Act of wakening, causing to awake. 2 Act of awaking, rising from sleep. 3**Excitation. A' m—, *pr.pt.* of mosgail.
mosglaidh, *fut.aff.a.* of mosgail.
mosguineach, -eiche, *a.* Religiously inclined, devout.
mosguinea chd, *s.f.ind.* Devoutness.
mosrach, -aiche, *a.* Caressing coarsely, using indecent freedoms.
mosradh, -aidh, *s.m.* Coarse dalliance, mandlin civilities, indecent freedoms. 2 Brutality, brutal licentiousness.
mosraiche,* *s.f.* see mosaiche.
†mota, *s.m.* Mount. 2 Mote.
†moth, *s.m.* Male of any creature.
moth,** *s.m.* Sex.
moth, "air a' mhoth 'n dé," *Arran* for "air bhò 'n dé," *the day before yesterday.*
motha,(CR) Too (good, soon, &c.) Tha e motha 's tràth, *it is too early—Arran* for, tha e tuilleadh 's tràth—CR.
†mothach, -aiche, *a.* Fertile, fruitful. 2 Pregnant.
mothachadh, -aidh, *s.m.* Act of feeling, perceiving. 2 Sense of feeling, sensibility. 3 Attending. A' m—, *pr.pt.* of mothaich. Chaill e a mh., *he lost his sense of feeling*; muinntir air dhaibh am m. a chall, *people who being past feeling*; duine gun mh., *a senseless man.*
mothachail, -e, *a.* Sensible, observant, perceptive. 2 Feeling, kind, considerate.
mothaich, *pr. pt.* a' mothachadh, *v.a.* Perceive, observe. 2 Feel, know, understand. M. seo, *feel this*; mh. sinn a ghuth 'ga thréigsinn, *we noticed his voice failing*; mh. sinn gun lùth a mheòir, *we noticed his fingers without feeling, becoming feeble*; an do mhothaich thu e 'dol seachad? *did you observe him passing?*; mh. iad do 'n righ, *they observed the king—W. & S. 2.22*; mh. an sgioba do dh'fhearann, *the crew observed land—McD. 166.1*; mh. an righ dhuinn a' toirt a chlaidheimh a mach, *the king felt us taking his sword away—W.H. 1.14.*
————eadh, see mothachadh.
————te, *a.* Discreet.
mòthail, *s.f.* Loud lowing. 2 Repeated or continued lowing—*Perthshire.* see mòdhar.
mothaileachd,** *s.f.* Apprehensiveness.
mothal, -ail,(DMK) *s.m.* Refuse, particularly of fish. M. iasg, *refuse of fish—W. coast of Ross.*
mothalachd,‡‡ *s.f.ind.* Feeling, perception.



542. Mòthan.

mòthan,§ *s.m.* Bog-violet—*pinguicula vulgaris.* 2 (AF) Steep grass, earning grass. On cows' milk it acts like rennet. 3 (AC) Love-philtre. The woman who gives it goes upon her left knee and plucks nine roots of the plant (bog-violet,) and knots them together, forming them into a "cuach" or ring. It is placed on the mouth of a girl to make the man who kisses her her bondsman, under parturient women to ensure safe delivery, and is carried by wayfarers to safeguard them on their journeys. If a man makes a miraculous escape, it is said of him, Dh'òl e bainne na bó bà a dh'ith am m., *he drank the milk of the guileless cow that ate the* mothan.
†mothar, -air, -airean [& -thraichean,] *s.m.* Bunch, cluster. 2 Clump of trees. 3 Tuft of grass. 4 Green grass. 5 Park, enclosure.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

mòthar, -air, *s.m.* Loud or great noise. 2 Murmur. 3 High or swelling sea. 4 Deep toned sound, as of a person in a cave. 5††Echo. 6 Melodious sound. Thug e m. as, *he gave a most appalling cry;* chuala sinn m., *we heard a most unearthly sound.*
mothar, -aire, *a.* see mòdhar.
———ach, -aiche, *a.* High-sounding, loud.
motharachd, see modharachd.
moth-chat, -ait, (AF) *s.m.* Tom-cat.
mothrach, -aich, *s.m.* Damp woody place.
mo thruaighe ! *int.* Alas ! (*lit.* my misery.) Mo thruaigh mi ! *woe's me !*
mothuchail, see mothachail.
mothuich, see mothaich.



543. Moth-ùrach.

moth-ùrach,§ *s.* Early orchis—*orchis mascula.*
mra, see mnatha.
mrathan, see mnathan.
mu, *prep.* About, around. 2 Of, concerning. 3 On account of, for. Mu'n cuairt, *about, round about;* mu thimchioll, *about, around; 2 concerning;* mu choinneamh, *opposite;* mu dheich mìle, *about ten thousand;* bha iad a' bruidhinn mu d' dhéidhinn, *they were speaking about you;* a' taomadh mu a chliabh, *pouring about his breast,* leig leo dol mu chùl a' ghnothaich, *let them take a back seat;* ciod mu 'm bheil thu ? *what are you about ?* òigh mu 'm bheil mo bhròn, *a maid for whom is my grief;* m' a càirdean, *about her friends.* In *the South-west* mu is used for gu, as, chaidh e mu thuath, *he went to the north;* tha e mu thuath, *he is in the north;* 'nuair a bhitheas an sgadan mu thuath, *when the herring is in the north;* an tìr mu thuath, *the north country.* [One cannot say "tha e gu tuath," although "chaidh e gu tuath" is quite correct.] Chuairtich e mu h-aon agus mu dhà, *he went round it once and twice—W.S.2.98;* thàinig an té mu dheireadh a mach, *the last (female) one came out.*
Thus combined with the personal pronouns: umam, *about me;* umad, *about thee;* uime, *about him;* uimpe, *about her;* umainn, *about us;* umaibh, *about you;* umpa, *about them.* [Aspirates a noun sing., definite or indefinite, and governs the dative case.]
mù, for mò, *comp.* of mór.
mu, *conj.* see mu'n.
muabhraighe,** *s.f.* Platform.
†muadh, *v.a.* Form, shape.
muadh,** -aidh, *s.m.* Form, shape, image. 2 Cloud.
———,** *a.* Soft, moist.
———air,** *s.m.* Rogue.
muadh-bhràighe, see muabhraighe.
muaidh,** *a.* Shapely, well-formed. 2 Noble, good. 3 Soft, tender. 4 Middle. Loingeas mh., *a well-formed ship.*
muaidh,** *s.f.* Sound. 2 Cloud.
mual, -ail, *s.m.* Top of a hill.
mualach,** -aich, *s. m.* Way, passage. 2 Cow-dung.
mualaich, } *s.m.* (DMC) Bellowing—*Uist.*
mualan, }
muasgan, (AF) *s.m.* Shellfish, said to open like a boot—*Arran.*
———,(CR)*pl.* -ain & -anag, *s. m.* Shellfish like the fresh-water pearl-mussel, about the same length—3 to 4 inches—but broader and thicker; its shell is not so dark as that of the *madadh,* and both are smaller than the *eachan.* (brallach in *Lewis.*)
muasgan-caol, *s.m.* Prawn.
mubran,** -ain, *s.m.* Corn heated in the mow.
———ach,** *a.* Heated, as corn in the mow.
muc, muic, -an, *s.f.* Sow, pig. 2 Perch. 3 The heap raised over the mouth of a vessel in measuring. 4††Large hay-rick. 5* Large ball of snow.
†muc, muic, -an, *s. f.* Instrument of war, by which besiegers were protected when approaching a wall. It was covered with twigs, hair-cloth and raw hides, and moved on three wheels.
muc-abhainn, (AF) *s.m.* Bear.
mucach, -aiche, *a.* Swinish, piggish. 2 Abounding in swine. 3 Heaped up, as a measuring vessel. 4* Dirty. 5 Surly. 6 Stupid. 7 †† Abounding in hay-ricks. A' ghràisg mh., *the swinish mob.*
———an,** -ain, *s.m.* Clown. 2 Piggish fellow.
———d,** *s.f.* Swinishness, hoggishness. 2 Moroseness. 3 Grimness.
mucag, -aig, -an, *s.f.* Hip, fruit of the dog-rose. 2 Little sow or pig. 3 *rarely* Cup. Mucagan is sgeachagan, *hips and haws;* m. fhailm, *a hip of the dog-rose—Colonsay.*
mucagach, *a.* Abounding in hips, or 2 in little sows or pigs.
mucag-fhiacal,(DMC) *s.f.* Gumboil, boil on the neck.
mucaibh, *dat. pl.* of muc.
mucail, -e, *a.* see mucach.
muc-ainidhe,(AF) *s.f.* Sow with young.
mucair, -ean, *s.m.* Swine-herd. 2 Swine-dealer. 3**Hoggish fellow.
———eachd, *s.f.ind.* Herding of swine. 2 Dealing in swine.
mucalachd, *s.f.ind.* Swinishness, hoggishness.
mucanta,** *a.* see mucach.
muc-bhiorach, -aich, -an-biorach, *s.f.* The long-beaked porpoise. 2 Bottle-nosed dolphin. 3 Beaked whale.
muc-bhlonag, -aig, *s. f.* Hogs' lard, swine's grease.
muc-bhuachaill, -ean, *s.m.* Swine-herd.
muc-bhuachailleachd,** *s.f.* Swine-herding.
muc-creige, *s.f.* The fish lump-sucker—*cyclopterus lumpus.* 2 Ballan wrasse, see muc-ruadh.
muc-disgearnach,(AF) *s.f.* Fierce boar.
muc-fàileag, -an-fàileag, see mucag.
muc-failm,* *s.f.* see mucag.
muc-fhinn,(AF) *s.f.* Milk pig, brood sow.
muc-forais,(AF) *s.f.* House-fed pig.
muc-ghaineamh, -eimh, *s. f.* Sandbank. 2 Quicksand.
muc glasach,(AF) *s.f.* Fatted pig.
much,(AC) see moch.
mùch, *v. a.* Quench, extinguish. 2 Smother, suffocate. 3 Press upon, squeeze together.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

4 Quell, pacify. 5 Mutter, hum, sing in a low tone or voice. Na mùchaibh an spiorad, *do not quench the spirit*; m. fonn, *utter an air.*

†much, -a, *s.m.* Grief, affliction. 2 Smoke.

†mucha,(AF) *s.* Long-eared owl, see mulchan.

mùchach, -aiche, *a.* Extinguishing, that extinguishes or quenches. 2 Suffocating. 3 Pressing or squeezing together. 4 Muttering, humming.

mùchadair, -ean, *s.m.* Extinguisher.

mùchadh, -aidh, *s.m.* Act of quenching or extinguishing. 2 Smothering, suffocating, act of suffocating. 3 Act of pressing upon or squeezing together. 4 Act of quelling or pacifying. 5 Act of muttering, humming or singing in a suppressed voice. 6 Extinction, suffocation. 7 (DU) Asthma, [with art.] A' m—, *pr.pt.* of mùch.

muchag,** -aig, *s.f.* Broom-rape.

muchuis,(DMK) *s.pl.* Moths—*Caithness*

muchag,§ *s.f.* The class of plants known as *orobanchaceæ.*

mùchan, -ain, *pl.* -an [& -ain,] *s. m.* Vent or chimney. *prov.*

———ach, (CR) *a. Blair Atholl* for mùganach.

——— -teine, (DMC) *s. m.* Half-extinguished fire.

mucheirigh, see mocheirigh.

mu choinneamh, *prep. phrase.* Opposite, over against. Bha dorus mu choinneamh a h-uile là anns a' bhliadhna air an taigh, *there was a door for every day of the year in the house*; tha airgiod agam mu choinneamh a' mhàil, *I have money to meet the rent.*

mùchta, see mùchte.

mùchte, *past pt.* of mùch. Extinguished, quenched. 2 Suffocated. 3 Pressed upon, squeezed together. 4 Quelled. 5 Muttered, hummed. M. fo bhròn, *suffocated* or *oppressed with grief.*

muchthrath, see mochthrath.

muclach, -aich, *s.m.* **Herd of swine. 2†† *s.f.* Piggery.

muclanag, *s.f.* Lard. (muc-bhlonag.)



544. Muc-locha.

muc-locha, -uic-, -an-, *s.m.* The common perch.

muc-lochaidh, see muc-locha.

muc-mhara, -uic-, -an-mara, *s.f.* Whale. 2(AF) Sea-hog, seal. 3 (AF) Porpoise.

mucnach,** *a.* Hoggish, swinish, morose.

————d,** *s. f.* Hoggishness, swinishness, moroseness.

mucraidh, *s. pl.* Herd or sounder of swine. 2 Gammon of bacon. 3**Far.



545. Muc-ruadh.

muc-ruadh,- uic-, -an-ruadha, *s.f.* The fish ballan wrasse—*labrus maculatus.* (muc-creige.)

muc-sgideil,†† see muc-bhiorach.

muc-sheilche,(WC) *s. f.* Fresh-water monster, said to have been often seen in Loch Maree and neighbouring lochs by anglers and others. The late Mr. Bankes of Letterewe tried, at great expense, to drain Loch-na-béiste, near Aultbea, to prove the identity of one seen there, but failed. It is thought to be a huge eel.

muc-shneachda,-uic-,-an-, *s.f.* see muc-sneachdaidh.

————idh, -uic-, -an-, *s.f.* Monster snowball.

muc-steallain,* *s.f.* Porpoise.

mucuin, (muc-fhinn) (AF) *s.f.* Snouted pig or other animal.

mucusg,** *s.m.* Swine's grease.

mùd, see mòd.

mu d', for mu do.

mudach,** *a* Gross.



546. Mùdag.

mùdag,(MMcD) *s.f* Wool-basket, about 3 ft. in height made of straw. The top part called *a' ghuite*, is used for holding the carded wool (peurdan), when spinning, the uncarded wool being placed in the bottom part—*W. of Ross & Lewis.* (mùrlag in *Argyll*—Fionn.)

mudag,(AF) *s.f.* Maw-worm.

mudaidh,** *a.* Dun-coloured.

mùdan, -ain, -an, *s.m.* Cover, covering. 2 Covering, as of skin or leather for a gun.

mùdan-croicne,** *s.m* Bit of skin to cover the lock of a gun.

†mudharn, -airn, -an, *s.m.* Ankle.

mu dhéibhinn, see mu dhéidhinn.

mu dhéidhinn, *prep.* Of, about, concerning. Mu dhéidhinn seo, *concerning this*; mu m' dh,, *concerning me*; mu d' dh., *about thee*; m' a dh., *concerning him*; m' a déidhinn, *concerning her*; m' ar d., *concerning us*; m' ur d., *concerning you*; m' an d., *concerning them.*

mu dheireadh, *adv.* At last, at length.

mu dheireadh thall, *adv.* After all.

mùg, -ùig, -an, *s.f.* see mùig. 2* Snuffle through the nose.

mug,** -uig, -an, *s.f.* Mug.

——ach, -aiche, *a.* Snuffling. 2 Speaking through the nose. 3 Gloomy, cloudy. 4 Of a gloomy countenance. 5 Sullen, surly, morose. 6 Guttural. 7 Murky, misty. O chùl nan sliabh m., *from behind the misty mountains.*

mùgach,* -aich, *s.f.* see mùgag.

mùgag, -aig, -an, *s.f* Surly, morose woman. 2 Snuffling woman.

mùgaich, -e, *s.f.* Snuffling voice. 2 Snuffle. 3 Surliness, moroseness. 4 Cloudiness, gloom.

mugaid, *s.f.* Contents of a dyeing-vat. 2 Dyeing-vat.

mùgair, -ean, *s.m.* Gloomy, surly or morose fellow. 2 Snuffling fellow, snuffler.

———eachd, *s.f.ind.* Inhospitality. 2 Snuffling.

mugairle, *s.* Bunch of nuts—*Glenmoriston.*

mùgalach, see mùgamach.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

mùgan, -ain, -an, see mùgair. 2 *pl.* for mùigean, *pl.* of mùig.
mugan,** -ain, *s.m.* Mug.
mùganach,(CR) *a.* Damp and misty (of weather)—*Perthshire.* (*mugany.*)
†mugars,** -airt, *s.f.* Hog. 2 Hogs' flesh.
mùgh, *v. a.* Kill, destroy, see much.
mugha, see muthadh.
———ch, *a.* Gloomy—*Suth'd.*
mughadh, see mùthadh.
mughairn, see mugharn.
mughairneach,* *a.* Having large ankles.
mughard,§ -aird, *s.m.* Mug-wort, see liath-lus.
mugharn,* *s.m.* Ankle.
mùghtach, -aiche, *a.* see mùiteach.
———d, see mùiteachd.
mugna, see moghna.
muic, *gen sing.* of muc.
muiceanach, -aich, *s.m.* Mean person, plebeian.
muiceil, -e, *s.f.* see muic-fheòil.
muic-fheoil, -fheòla, *s.f.* Pork.
muiche,** *s.f ind.* Earliness. 2 Dawn.
muiche,* *s f* Dulness, sadness. 2 Mistiness, darkness, gloom.
muiche, *comp.* of moch, *prov.* for moiche.
———ad, -id, see moichead,
muicnis,** *s.f.* The rope which ties a basket on a porter's back.
mùidh, -ean, see muing.
muidh,(DMC) *v.* see muigh.
muidhe, *pl.* -an & -achan, *s.m.* Churn. Thoir a mh., *churn (lit.* bring to churn—*Lochcarron, Gairloch & Torridon.* 2(CR) Paddle-churn—*Lochbroom.*
———ach, -eiche, *a.* Of, or belonging to, churns.
mùidheach, -eiche, *a.* see muingeach.
muidheachan, -ain, -an, *s.m., dim.* of muidhe. Little churn.
mùidheadh, see mùigheadh.
mùidhean, -ein, -an, see màidhean.
muidhe-buana,(CR)*s m.*Harvest-home—*Arran.*
muidhe-làgain, *s.m* Sowens-tub.
muidse, -an & -achan, *s. f.* [*m.* in *Badenoch.*] Woman's common head-dress, mutch, linen cap. [*m.* in *Gairloch* where it is muisde.]
mùig, -ean, *s.m* Cloudiness, darkness, gloom, 2 Frown. 3 Gloominess, surliness, discontented expression of countenance. 4 Melancholy, sadness, sorrow. 5 Snot, snivelling nose. 6** Mistiness, smoke. 7 Gloomy sky. Cuir m. ort, *frown ;* torra fo mh., *mist-covered hil's ;* sheall e orm fo na mùgan (muigean), *he looked at me from under his scowling eyebrows.* [†r gives *s.f.*, McL & D gives *s.m.* but *gen. sing.* -e.]
mùig, *v.a. & n* Quench, smother, suffocate. 2 Suppress, quash. 3 Become gloomy, misty or dark.
mùige, *s.f.* see mùigeachd.
———ach, -eiche, *a.* Misty, gloomy, dark. 2 Surly, frowning. 3 Cold, reserved, shy. O chùl nan shabh m., *from behind the misty mountains.*
———achd, *s.f.ind.* Mistiness, gloominess, darkness. 2 Surliness, gloominess. 3 Smokiness.
———adh, -idh, *s.m* Act of quenching or suffocating. 2 State of becoming dark or gloomy. A' m—, *pr.pt.* of mùig.
mùigean, -ein, -an, *s.m* see mùgair. 2**Mist.
———ach, -aiche, *a.* Surly, churlish. 2 Gloomy. 3 Misty. 4 Shy.
———achd, *s.f.ind.* sse mùigeachd.
mùigeas, -eis, -an, *s.m.* Sour, gloomy or downcast look. 2 Surliness. 3 Snuffling.
———ach, -aiche, *a.* Sour, gloomy, downcast.
mùigeil, -e, *a.* see mùigeach. 2‡‡Misty, dark, obscure.
muigh, *adv.* Out, without, outside. 2 Superficially. A m., *on the outside ;* a chum am m. is am mach, *that, by all means ;* abair ris a bhi an seo am màireach muigh 's a mach, *tell him to be here, by all means, to-morrow.*
mùigh,** *v.a.* Fail, falter. 2 Fail. 3 Be defeated. 4 Decay. 5 (DMC) Threaten.
muigh-buan, *s.m.* see muidhe-buana.
muighe, -an, -achan, see muidhe.
muigheach, -eiche, *a.* see muidheach.
———,(MS) *a.* Dareful, daring. 2 Huffish.
———d, see mùigheadh.
mùigheadh, (MS)*s.m.* Bravado. 2 Menace, commination, threat
muighear, (MS) *s. m* Bully, threatener. (for maoidhear.)
òrd, ùird, *pl.* òrdan & ùird, [ùird in *Gairloch, &c.*] *s.m.* Hammer. 2 Dog-head of a gun, the part of a gun-lock from which the flint strikes fire. 3 Piece,fragment, junk. 4 Stub. 5 Mallet, mall. 6(MS) Cut, cutting. 7*Sledge-hammer. Mar fhuaim ùird, *like the noise of a hammer;* òrd éisg, *a cut* or *slice of fish.*
†òrd, -a, -an, *s.m.* Order, series.
òrda, see òrd.
òrdachadh, see òrduchadh.
òrdag, -aig, -an, *s.f.* Thumb. 2 Great toe. Air òrdaig an làimhe deise, *on the thumb of their right hand* ; air òrdaig an coise deise, *on the great toe of their right foot ;* an ò an aghaidh na glaic, *the thumb against the palm, the thumb at strife with the palm ;* ò.-an-t-suic, see crann-nan-gad (p. 263) ; thug ò. a choise sanas do bhun a chluaise, *the toe of his foot gave a hint* or *whisper to (struck) the root of his ear,* a graphic picture of the violence of the throw —he was not only thrown on his back, but his feet flew up in the air, and his head so far rebounded that toe and ear met ; òrdag, sgolbag, fionna-fada, Mac-an-aba, cuibhteag (the names of the fingers or toes among children, beginning at the thumb or great toe.) Another rhyme of these names in *Arran* is "ò., calagag, fionna-fad, mac-an-ab is cuisteag," another, " ò., corrag, meur-meadhon, màthair an lùdain(*or* na lùdaig,)"&c. also, "seo an té a leagan sabhal, seo an té a ghoid an sil (*not* siol), seo an té a sheas ag amharc, seo an té a ruith air falbh, seo an té bheag a b' fheudar dhith a phàigheadh air fad," the last being apparently only a Gaelic translation of the Scottish rhyme, *this is the man that broke the barn, this is the man that stole the the corn, this is the man that stood and saw, this is the man that ran awa', and wee peeriwinkie paid for a'.*
òrdagach, -aiche, *a.* Having large thumbs or great toes. 2 Digital.
ordagh, -aigh, -aighean, see òrdugh.
ordaich, see òrduich.
òrdail, -e, *a.* Orderly, decent, regular. 2 Ordinal.
òrdair,** *s.m.* Hammerer.
ordan, -ain, -an, *s.m.,dim.* of òrd. Little hammer or mallet. 2 Small piece, fragment. 3 *Skye* for òrdugh.
òrdan,** -ain, *s.m.* Generosity. 2 Dignity. 3 Solemnity. 4 Degree, gradation. 5 Music.
òrd-bhairnich, *s.m.* Limpet-chisel.
òrdha, *a.* Saturnian. 2 Golden. 3 Shining like gold, golden. 4 Excellent, precious—*Sar-Obair.*
òr-dhearg, *s.m.* Redness of gold.
ord-ladhrach, *s.m.* Claw-hammer.
òrd-laoch,** -laoich, *s.m.* Hero.
or-dhuilleag, -eig, -an, *s.f.* Gold-leaf.
ordon,** see òrdugh
òrduchadh, -aidh, *s m.* Ordering, act of ordering, ordaining, decreeing, commanding. 2 Institution, decree, command. 3 Appointment, ordination. 4 Arranging, arrangement. A' *pr.pt.* of òrduich.
òrdugh, -uigh, -uighean, *s. m.* Order, decree, command. 2 Order, arrangement, array. 3 Ordinance, rite, observance commanded. 4 The Eucharist or Lord's Supper, celebration of that feast. [The *pl.* " na h-òrduighean," is very often used in the *West of Ross* to denote not only the dispensation of the Lord's Supper, but the accompanying services held on Thursday, Friday, Saturday and Monday.] Ò. o 'n Taigh-chuspainn, *a decree from the Custom House ;* cuir an ò., *put in order ;* gun ò., *without instruction* or *direction;* an ò.-catha, *in battle-array;* ò.-blàir, *battle-array.*
———ail,** *a.* see òrdail.
òrduich, *v.a.* Order,ordain, appoint, decree,prescribe, assign, command. 2 Arrange, set in array. 3 Give instructions, issue orders. Dh' ò. Dia, *God ordained.*
———ear, *fut.pass.* of òrduich.
———te, *past pt.* of òrduich. Ordained, appointed, decreed, assigned. 2 Arranged, set in order. 3 Ordered, commanded, prescribed.
òrensin, *Moladh Mòrag, 100.* for "orange-an," *oranges,* in " Phœbus 'dath nan tonn air flamh òrensin."
orgaid,** *s.f.* Organ.
———iche,** *s.m.* Organist.
orgain,** *s.f.* Slaughter. 2 Organ.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

organ, see oragan.
organaiche,(MS) *s.m.* Organist.
òr-ghruag, -aig, -an, see òr-chùl.
————ach, -aich, *s.f.* Yellow-haired maid.
————ach, *a.* Yellow-haired.
†orgun, *s.m.* Death.
orlachadh, -aidh, *s. m.* Bespewing.
òr-lasta, -laiste, *a.* Shining or burnished like gold.
————il, -e *a.* see òr-lasta.
or-leathair,** *s.m.* Paternal uncle.
òr-loinneach, -eiche, *a.* Highly elegant, beautiful, becoming.
————d, *s.f.* Extreme elegance.
orm, *prep.pron.* (air+mi) On me, upon me. 2 Owed by me. 3 Wrong with me. 4 In my possession. 'Dé a th' aig' orm ? *what do I owe him ?* 'dé a th' orm ? *what is wrong with me ?* a' cur orm, *dressing myself ;* tha e orm a dheanamh, *I am obliged to do it ;* théid aig' orm, *he will get the better of me* ; fuirich orm, socair orm, *softly, leisurely !*
òr-mhaduinn, -mhaidne, -ean, *s.f.* The break of day, morning.
òr-mheas, *s.m.* Orange.
òr-mheinn, -e, -ean, *s. f.* Gold ore. 2 Gold mine.
————each, -eiche, *a.* Abounding in, or having gold ore.
orm sa, *emphatic* of orm.
†orn, -a, *s.f.* [*m.***] Slaughter.
òrna, see eòrna.
ornaich, *v.a.* Adorn.
ornaid,** *s.f.* Ornament.
————each, *a.* Ornamental.
ornail,** *s.f.* Upper part of a door-case.
òrnaileis, *s.f.* Tissue.
ornais, *s.f.* Nauseousness, qualm.
orp § *s.m.* Orpine, house-leek—*sedum telephium.*

560. Orp.

orr, *s.* see orra.
orra, *prep. pron.* (air+iad) On them, upon them. 2 Owed by them. 3 Wrong with them. 4** In their possession. Cuir o. e, *put it on them ;* cha'n 'eil ni agam orra, *they owe me nothing;* cha'n 'eil sgillinn o., *they have not one penny in their possession ;* bheir mise orra a dheanamh, *I will make them do it ;* ciod a th' orra ? *what is wrong with them ? 2 how much do they owe ? 3 how are they dressed ?*
orra,* -chan, *s.f.* Amulet, enchantment, charm, incantation. O.-an-donais, *an amulet to send one to the mischief ;* orra-bhalbh, *one to prevent one's agent making a defence in court ;* o.-chomais, *one to deprive a man of his virility, especially on the marriage-night ;* o.-ghràidh, *one to provoke unlawful love ;* o -sheamlachais, *one to make one cow allow another's calf to suck her;* chuir thu an o.-sheamlachais orm, *you have duped me*—hence imposture of any kind ; o. na h-aoine, *an amulet to drown a foe;* o. an donais, *one to send one's foe to the mischief.* see also or.
òrrachdan, -ain, -an, see aonrachdan.
orradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Shift. 2†† Exertion, endeavour. 3** Superstitious charm. Leagh an cridhe 'am chliabh le 'cuid orrachan, *my heart melted within me through her spells ;* tha mi air m' o. an dràsd, *I am bewitched at present.*
————, *prep. pron.* see orra.
orrai theachd,** *s.f.* Superstitious ceremonies, charms, enchantments.
orrais, -e, -ean, *s.f.* Squeamishness, nausea. 2 Water-brash. Chuireadh tu ò. air mathghamhuinn, *your conduct would make a bear squeamish ;* tha 'n ò. ri m' fhiacail fad an là, *water-brash annoying me the live-long day.* see òraisg.
————each, -eiche, *a.* Squeamish, qualmish. 2 Fastidious.
————eachd, see òrrais.
———— -thilgidh, see òrrais.
orrar, see orair.
orra-san, *emphatic* form of orra.
orrlain, see eòrlain.
†orrtha, *s.m.* Music, melody. 2 Melodious voice. 3 Bewitchery.
orrthannan,(MS) *pl.* of or. Enchantment.
òrruidh, -e, *a.* see òrbhuidhe.
òr-sgiathach, -aiche, *a.* Having golden wings. 2 Having golden shields. Dream ò., *a golden-shielded people.*
òr-sheud, -a, -an, *s.m.* Jewel of gold.
ort, *prep. pron.* (air+thu) On thee, upon thee. 2 Owed by thee. 3 Wrong with thee. 'Dé a th' aig' ort ? *how much do you owe him ?* ro mhath an airidh càch ort, *others well deserve you—R. 66 ;* cuir o. e, *put it on thee* ; nach cluinn mi o. ? *shall I not hear of thee ?* ciod tha 'cur ort ? *what ails thee ?* tha e ort a dheanamh, *you are bound to do it.*
†ort, *s.* Killing, death.
òrta,* *a.* see òrdha.
orth', see or (prayer.)
òr thaigh,* -ean, *s.m.* Treasury.
ort-sa, *emphatic* form of ort.
òr-ubhal,§ -ail, -bhlan, *s.m.* Orange—*citrus aurantium.*
oruin,§ *s.* Beech—*O'Reilly*, see craobh fhaidhbhile. 2 Ash—*Bible*, see uinnsean.
os, *prep.* Above, over. Os do cheann, *superior to thee (lit.* above thy head) ; os (as) do sheasmh, *on the spot (lit.* on thy standing)—*Dàin I. Ghobha.*
os, -a & ois, *pl.* -an, *s.m. & f.* Elk, deer, stag. Lean thus' an os bhallach, *follow thou the spotted stag.*
òs, -a, -an, *s.m.* Mouth or outlet of a river, *prov.* 2 Bar or sandbank in a harbour.
os, *v.def.* see arsa.
osadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* see fosadh.
osag, -aig, -an, *s.f.* Blast, breeze, gust, wind. O. a' bhàis, *the blast of death.*
——ach, -aiche, *a.* Breezy, squally, gusty.
——an, *n.pl.* of osag.
os-àird, *adv.* Openly, publicly. 2 Loudly.
os-alluidh,(AF) *s.m.* Elk, deer, stag.
osan, -ain, *pl.* -ain & -an, *s.m.* Hose, stocking, the leg of trousers. 2 (DMy) Headless stocking.
osanach, -aiche, *a.* Wearing hose, of hose. Gu bròganach, o., *having shoes and stockings on.*
————d,** *s.f.* Hosiery.
osanaiche, -an, *s.m.* Hosier.
osann, -ainn, *s.m.* Deep sigh or sob. [In *Gairloch*, osna—DU.]
————aich,* *s.f.* Continuous sighing or sobbing. 2 Heavy blasts or gusts of wind.
osan preasach,** *s.m.* Very long plaited stocking, once worn by the women in Breadalbane when in full dress.
†osar, *a.* Younger.
osar,** -air, *s.m.* Burden, pack. 2 Preferment. exaltation.
————aiche,** *s.m.* Porter, carrier.
os bàrr, Besides, moreover, over and above.
oscach, -aiche, *a.* Eminent, superior, excellent.
oscar,** -air, *s.m.* Leap, bound. 2 Guest, traveller. 3 Ruinous fall. 4 Champion. 5 Mo-

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

tion of the hands in swimming.
oscarach, -aiche, *a.* Bold, intrepid, energetic. 2 Renowned, famous. 3 Loud. 4* Fierce. 5 Masculine, as a female. 6* Indelicate. 7** Emphatical.
oscarachd, *s.f.ind.* Boldness, intrepidity. 2 Loudness. 3 Emphasis. 4 Fierceness. 5* Masculineness, as in a female. 6* Indelicacy. 7**Energy.
oscaradh, -aidh, see oscarach.
oscardha, } see oscarach.
oscartha, }
———chd, see oscarachd.
oscarra, see oscarach.
oscarra-lann,** -lainn, *s.m.* Hospital.
os ceann, *adv.* Over, above.
os-cheumachadh,** -aidh, *s.m.* Superiority, pre-eminence, excelling.
os-cheumnaich, *v.a.* Excel, exceed.
os-chràbhach,** *a.* Superstitious. 2 Hypocritical.
os-chràbhadh,** -aidh, *s.m.* Superstition. 2 Hypocrisy.
os cionn, see os ceann.
†os-crabhadh, -aidh, *s.m.* Superstition.
òsd, see òsda.
òsda, -n, (taigh-òsda) *s. m.* Inn, ale-house. 2 (DU)Right to sell excisable liquors. A' bhean-òsda, *the "lady" of the inn.*
òsda,†† *a.* Pertaining to an inn.
òsdair, -ean, *s.m.* Innkeeper, host. also fear-òsd.
———eachd, *s.f.ind.* Office or occupation of an innkeeper.
òsdadh, see òsda.
òsdag, -aig, -an, *s.f.* Hostess, female innkeeper.
òsd-fhear, see òsdair.
òsd-thaigh, see taigh-òsda.
†osgail, see fosgail.
†———te, see fosgailte.
osgalan, see fosgalan.
òsgan, -ain, *s.m.* see othaisgean.
osgarach,** *a.* Frail. 2 Brittle.
osgarra,** *a.* Audible, distinct. 2 Emphatic. 3 see oscarach.
———chd,** *s.f.* Audibleness. 2 Augustness. 3 Emphasis.
osgriobhan,** *s.m.* see os-sgrìobhadh.
os iosal, Softly, privately, quietly, underhand, secretly, covertly.
oslabhairt, *s.f.ind.* Hyperbole.
osmag, -aig, *s.f.* Sigh, sob, see ospag.
———ach,** *a.* Sighing, sobbing. 2 Panting. see ospagach.
———ail,** *s. f.* Sigh, sighing. 2 Anhelation, panting. see ospagail.
osna, -ai, *s.f.* Sigh, sob, groan. 2 Breeze, blast.
osnach, -aiche, *a.* Sighing, groaning. 2 Blustering, as wind. 3 Blubbering, as a person. 4 Troubled.
†———, -aich, *s.f.* Carrion. 2 (MS) Blore, violent gust of wind.
———ail, -e, *a.* Sighing, groaning. 2 Troubled, sad.
osnadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Sigh, sob. 2 Blast, breeze. 3**Hair of the head. 4**Groan.
osnaich, -e, -ean, *s.f.* Sighing, act of sighing or groaning, continued sobbing or blubbering. 2 *pl.* Sighs, groans. 3 *pl.* Blasts of wind.
osnaich, *pr. pt.* ag osnachadh, *v.a.* Sigh, moan.
osnaichean, *n.pl.* of osnaich.
osnaigh, for osnaidh, *n.pl.* of osnadh.
os n-iosal, see os iosal.
osp,* *v.* see ospag.
ospag, -aig, -an, *s.f.* Sigh, sob, gasp, quick deep sob. 2 Pang, throe. Ospagan a' bhàis, *the pange of death*; an o. dheireannach, *the last gasp.*
———, *v.a.* Gasp, sob quickly.
———ach, -aiche, *a.* Sighing, sobbing. 2 Hysterical, prone to sob.
———aich, -e, *s.f.* see ospagail.
———ail, -e, *s.f.* Sighing, act of sighing or sobbing. 2 Apt to sigh or sob.
ospairn, see ospag. 2**Struggle.
———ich, see ospagail & osnaich.
†os-sgrìobhadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Epigram. 2 Superscription.
†osran, -ain, *s.m.* Peace.
òsta, see òsda.
òstag, see òsdag.
òstair, see òsdair.
ostal, -ail, see abstol.
osunn, -uinn, -an, *s.f.* see osnadh, osann & osag.
otar,** -air, *s.m.* Labour.
oth,* *s.m.* Water, large body of water.
othag,‡‡ -aig -an, *s.f.* Afflatus.
othail, -e, -ean, *s.f.* Hurry. 2 Confusion, hubbub, tumult. 3 Delight.
othainn,* *s.f.* River, see abhainn. [* says *o.* is used to denote the largest kind of rivers, and *abhainn* a secondary river.]
othaisg, -e, -ean, *s. f.* Sheep, one-year-old ewe, dry ewe, ewe teg. 2** *in derision*, Bashful person, simpleton. 3* Soft, lubberly person.
———each,** *a.* Like a sheep or hog, abounding in hogs. 2 Bashful, sheepish.
———ealachd,** *s. f.* Sheepishness, foolishness.
———eil,** *a.* Sheepish, silly.
othan, -ain, *s.m.* see omhan.
———ach, -aiche, *a.* see omhanach.
othar, -air, -an, *s.m.* Abscess, ulcer, intumescence. 2 Ailment.
†othar, -air, -an, *s.m.* Wages, reward. 2 Labour.
†——, -aire, *a.* Sick. 2 Wounded, mutilated. 3 Maimed. 4 Weak.
———ach, -aiche, *a.* Ulcerous. 2 Wounded.
othasg, see othaisg.
othraich, (MS) *v.a.* Exulcerate.
†othras, -ais, -an, *s.m.* Disease, disorder, ailment. 2 Ulcer. 3 Wound.
†othrasach, -aiche, *a.* Sick, diseased. 2 Wounded. 3 see otharach.
———,** -aich, *s.m.* Hospital, infirmary.
òtrach, -aich, -aichean, *s.m.* Dunghill. 2 Dirt, filth, dung. 3 Drabbish, very fat female—*Islay.* 4 Term of contempt. [òtrach in *Gairloch, &c.*]
———ail, -e, *a.* Filthy, dirty, fœtid. 2 Drabbish. 3††Full of dunghills.
òtraich, *gen. sing.* of òtrach.
———ibh, *dat. pl.* of òtrach.

P p

P, the 14th. letter of the Gaelic alphabet now in use, called beith bhog (i.e. soft *b.*) It sounds like *p* in English, and when aspirated, that is, when immediately followed by *h*, it sounds like *f* in *fool*, or *ph* in *pharmacy.*
pà, *s.m.ind. & int.* Papa.
pab, -aib, -an, *s.m.* Shag, rough woolly hair. 2 Refuse of flax, oakum. 2 see babag.
pab, *v.a.* Become shaggy. 2 Become matted or twisted together. 3††Buffet.
pabach, -aiche, *a.* Shaggy. 2 Full of the refuse of flax. 3 Nasty. 4 see babagach.
pabadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Shagginess, state of becoming shaggy. 2 Becoming matted,

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

tangled or twisted together. 3 Overgrowth, luxuriance, as of grass. 4†† Buffetting. A' p—, *pr.pt.* of pab.
pabag,* see babag.
—— ach,* -aiche, *a.* see babagach.
pàbar,* -air, *s.m.* Crew.
pab-cheann, -chinn, *s.m.* Shaggy head.
————ach,‡‡ *a.* Shaggy-headed.
pàbhail,* *s.f.* see pail-chlach.
pac, *pr.pt.* a' pacadh, *v.a.* Pack up. 3 Get out of the house.
pac,(CR) *s.m.* The sheep that a shepherd is allowed to keep as a part of his remuneration —*W. of Ross-shire.*
paca, -nnan, *s. m.* Pack, wallet, knapsack. 2 Budget. 3 Mob. A phaca ! *ye vile crew !* dh' iobair e am paca, *he sacrificed the pack.*
p.-chairtean, *a pack of playing-cards.*
p.-clòimhe, *a pack of wool.*
p.-chon, *a pack of hounds.*
p.-mhèirleach, *a gang of thieves.*
p.-mosach, *a vile crew.*
pacach, -aiche, *a.* Having packs.
——adh, -aidh, *s.m. & pr. pt.* of pacaich. see pacadh.
—— cearr,(AF) *s.* Turbot, halibut, flounder.
pacadh, -aidh, *s. m.* Packing, act of packing. A' p—, *pr.pt.* of pac.
pacaich, *v.a.* see pac. *v.*
pacaid, -e, -ean, *s. f.* Packet. 2 Packet-boat. 3* Female tell-tale or tattler. P. litrichean, *a packet of letters.*
——each, -eiche, *a.* Of, or connected with, packets.
pacaig, *v.a.* see pac, *v.*
pacaigeadh, see pacadh.
pacainn,** *pr. pt.* a' pacainn, *v.a.* Pack up. 2 Load. 3 Heap up.
——, *s.f.* Packing. 2 Loading. 3 Heaping up. A' p—, *pr.pt.* of pacainn.
pacair, -ean, *s. m.* Packer, one that packs. 2 Pedlar, packman. 3 Churl.
——eachd, *s.f.ind.* Pedling, business of a pedlar, hawking.
pacharan-chapuill, *s.m.* Marsh trefoil, see pònair-chapuill.
pacarras, -ais, *s.m.* Mass of confusion.
pachd, -a, -an & -annan, see pac.
——aich, see pacaich.
——air, see pacair.
paclach, -aich, -aichean, *s. m.* Armful, packed burden, the fill of both arms of hay, straw,&c.
pacraidhe,** *s.f.* Baggage, luggage.
padhach, -aiche, *a.* Thirsty.
padhadh, -aidh, *s.m.* Thirst. Tha p. orm, *I am thirsty ;* am bheil p. ort ? *are you thirsty ?*
padhal, -ail, *s.m.* Ewer. 2 Pail.
pàg, -àig, -an, *s.f.* see pòg—*Rob Donn.*
pàgach, -aiche, *a.* see pògach.
pàganach, -aiche, *a.* Heathen, pagan. 2** Gentile.
————, -aich, *s.m.* Heathen, pagan.
————d, *s. f. ind.* Heathenism, paganism. 2**Gentilism.
pàganta, *a.* Heathenish.
————chd, see pàganachd.
paghadh, see padhadh.
†paghuilleun, see pailliunn.
paibhil,** *s.* Flooring.
paid,* see paidir.
paideag,** -eig, *s. f.* Torch, made of tallow lapped upon linen.
paideal,(AF) *s.* Peacock.
paidearan, *s.m.* Clustering body, as of berries or nuts, garlands. "'Na paidearan lionmhor, cùirneanach, gu brìoghmhor, sùghmhor, sòlasach, *in numerous clusters, dewy, substantial, juicy, soothing.*
paideirean, see paidirean.
paidgheal, see paideal.
pàidh, *pr.pt.* a' pàidheadh, *v.a.* Pay. 2 Remunerate. 3 Suffer for, atone, make amends, require. Pàidhidh tu sin fhathast, *you shall suffer for that yet.*
pàidh, -ean, *s.m.* Same meanings as pàidheadh.
pàidheadh, -idh, *s.m.* Pay, payment. 2 Paying, act of paying wages. 3 Remuneration, requital.
pàidhear, -ir, -irean, *s.m.* Payer, sufferer.
paidhir,** *v.a.* Pair, couple.
paidhir, -dhreach, -dhrichean, *s.f.* Pair, couple, brace.
pàidh-mhaighstir,** *s.m.* Paymaster.
————eachd, *s.f.* Paymastership.
pàidhneachadh,** -aidh, *s.m.* Punishing,fining, punishment, fine. 2 Bail, bailing, security. 3 Insurance A' p—. *pr.pt.* of pàidhnich.
pàidhneachas, -ais, *s.m.* Penalty. 2 Bail, security, pledge. 3 Insurance. Ann am p. fichead punnd Sasunnach, *under the penalty of £20.*
pàinhnich, *pr. pt.* a' pàidhneachadh,*v.a.* Punish, fine. 2 Bail. 3 Insure.
pàidhnichte, *past pt.* of pàidhnich. Punished, fined. 2 Bailed. 3 Insured.
paidhreach, *gen. sing.* of paidhir.
————adh, -aidh, *s.m.* Pairing, act of pairing or coupling. A' p—, *pr. pt.* of paidhrich.
paidhrich, *pr.pt.* a' paidhreachadh, *v.a.* Pair, couple, as birds, &c.
————ean, *pl.* of paidhir.
————te, *past pt.* Paired. [ed.
pàidhte, *past pt.* Paid. 2 Remunerated, requit-
paidir, -e, -drichean, *s.f.* The Lord's prayer. 2 Rosary, string of beads used by Roman Catholics. Tha tuilleadh 's a ph. aige, *he knows more than his beads.*
paidirean, -in, -inean, *s.m.* String of beads, rosary, necklace. 2 Bracelet. 3 Chaplet. 4 Garland of flowers. 5 Children's name for a string or "sop" of daisy-heads. 6 Cluster. 7 Dangling bunch. 8 (DC) Daisy. 9 (AH)Corn-marigold—*Argyll.*
paidireanach, -aiche, *a.* Wearing a rosary or necklace. 2 Dangling in clusters. 3 Full of beads.
paidreag, -eig, -an, *s.f.* Patch, clout.
paidrean, see paidirean.
paidrich,* *v.a.* String together.
paidrichean, *pl.* of paidir.
pàigh, see pàidh.
pàigheadh, see pàidheadh.
pàighte, see pàidhte.
pàighteach, see pàiteach.
pàighteachd, see pàiteachd.
pail, see pabhail.
pail-chlach, -chloiche, -chlachan, *s. f.* Stone-pavement, causeway. 2**Paving-stone.
†pailin, -ean, *s.m.* Shroud, winding-sheet.
pailios,* *s.f.* Gaelic spelling of *palace.*
pailleart, -irt, -eartan, *s.m.* Box on the ear. 2 Blow on the head. 3** Slap with the palm of the hand. 4* In *Irish*, a tune or air on the bagpipes.
pailleartach, -aiche, *a.* Apt to strike with the hand, striking with the hand, ready to strike with the hand.
pailleartaich,** *v.a.* Slap with the palm of the hand.
pàilliun, -iuin, -an *s.m.* Tent, tabernacle, pavilion. 2 Dwelling. 3 Booth, hut. 4**Palace. Deanamaid tri pàilliunan, *let us make three tabernacles.*
pàilliunach, -aiche, *a.* Abounding in tents or

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

tabernacles.
pailm, -e, -ean *s.f.* Palm-tree (craobh phailm.)
pailm-chnuimh, *s.f* Palmer-worm.
pailmeach, -eiche, *a.* Palmy.
pailm-sgath, -aith, -an, *s.m* Gourd.
pailt, -e, *a.* Plentiful, abundant, full. 2 Capacious. 4 Copious. 4 Numerous, abounding. Tùr p. le céill, *a mind abounding in knowledge;* beannaich sinn gu pailt, *bless us abundantly*, tha e pailt cho ard rium-sa, *he is fully as tall as I am.*
pailteachd, see pailteas.
pailteas, -eis, *s.m.* Plenty, enough, abundance, amplitude. Tha 'm p. agam, *I have enough*, làn ph., *quite enough.*
pailteasach, -aiche, *a.* Plenteous.
paimhleid,** *s.f.* Gaelic spelling of *pamphlet.*
paimhleiliche, *s.m.* Pamphleteer.
†pain, *s.f.* Bread, cake.
paind,* see paindeag.
paindeag,* *s.f.* Pebble.
paindeal, -il, -an, *s.m.* Panther.
paindealach, -aich, *s.m.* Person laced up like a dandy. 2 Article of dress too tight.
pàineachadh, see pàidhneachadh.
pàineachas, -ais, *s.m.* see pàidhneachas.
paineal, see painneal.
pàinich,* *v.a.* see pàidhnich.
————te, see pàidhnichte.
painneal, -il, *s.m.* Panel, pieces of wood.
painnse, -achan, *s.f.* Paunch. 2* Tripe.
painnseachan,(MS) *s.m.* Tripe.
painnsean,(MS) *s.m.* Tripe.
painnidh,** *a.* Strong, furious.
painnteal,** -eil, *s.m.* Snare, trap, gin. 2(DMc) Snare for catching cats, &c., formed by a cord made fast at one end to some fixed object while the other end terminates in a running noose which is adjusted at the aperture through which the animal to be caught is expected to pass. * Panther.
painntear, -ir, *pl.* -an & -irean, *s.m.* Gin, snare. 2** Panther.
painntearach, -aiche, *a.* see painntireach.
painntearachd, see painntireachd.
painntin,** *s.f.* Patten.
painntir, see painntear.
painntireach, -eiche, *a.* Wily, ensnaring, full of snares.
painntireach, -ich, *s. m.* Ensnarer, insidious person, beguiler.
painntireachd, *s.f.* Ensnaring, entanglement.
painntireadh, -idh, see painntreadh.
painntirich, see painntrich.
painntirichte, see painntrichte.
painntreadh, -eidh, *s.m.* Ensnaring, act of ensnaring, inveigling. A' p—, *pr. pt.* of painntrich.
painntrich, *v.a.* Ensnare, inveigle, trap, beguile.
painntrichte, *past pt.* of painntrich. Ensnared, entangled, inveigled.
painte,** *s.f.* Lace. 2 String to lace clothes. [*Eng.* point.]
paintidh,(DMK) *s.f.* The clay of which crockery is manufactured 2 Fragments of broken pottery—*Caithness.*
paintir, *s.* see painntear.
paipean bàn,†‡ *s.m.* White garden poppy—*papaver album sativum.*
paipean dubh,‡ *s.m.* Black poppy—*papaver nigrum sativum.*
paipean ruadh,‡ *s.m.* Common red poppy, see meilbheag.
pàipear, -eir, -ean, *s. m.* Paper, a paper. 2* Advertisement. [McL & D., ‡, ‡‡, and †† give p.-craicinn, *parchment.* [pàipeir.
p.-donn, *brown paper.*
p.-glas, *brown paper, grey paper.*
p.-naidheachd, *a newspaper.*
p.-sgriobhaidh, *writing-paper.*
p.-sùghaidh, *blotting-paper.*
pàipearach, -eiche, *a.* Paper, papered.
pàipearachadh, -aidh, *s.m.* Papering, act of covering with paper. A' p—, *pr.pt.* of paipearaich.
pàipearachd,†† *s.f.* Papering.
paipearachd, *s.f.* Stationery.
paipearaiche, *s.m.* Stationer.
paipearaich, *pr. pt.* a' pàipearachadh, *v. a.* Paper, cover with paper.
paipin, -ean, *s.m.* Poppy, see meilbheag.
pairc, *v.* see pàircich.
pàirc, -e, -ean, *s. f.* Park, enclosure, enclosed field.
pàirceach, -eiche, *a.* Abounding in parks. 2 Enclosed, as a park.
pàirceachadh, -aidh, *s.m.* Enclosing round, act of enclosing, making into a park. 2 Confining, act of confining in a park. 3** Forming into parks. A' p—, *pr.pt.* of pàircich.
pàircich, *pr.pt.* a' pàirceachadh, *v. a.* Enclose with a wall. 2 Park, form into parks. 3 Confine in a park.
pàircichte, *past pt.* of pàircich. Enclosed, formed into parks. 2 Confined in a park. 3 Walled round.
pairilis, *s.f.ind.* Palsy, paralysis.
pairinn, -ean,** *s.m.* Paring of moss-turf.
pairisleach, -eiche, *a.* Palsied.
pairseil,(MS) *s.f.* Parsley.
pàirt, -e, -ean, *s.f.* Part, share, portion. 2 Connection, interest. 3 Relation, kindred, relationship. 4** Confederacy. P. dheth, *some of it*, ghabh e a ph., *he took his part;* cha bhi cuid no p. agam dheth, *I will have no connection with it whatever.* Pàirt, with the possessive pronouns, corresponds in *Arran* to English mine, ours, &c., e.g. am bheil do làmhan-sa tioram? tha mo phàirt-sa fliuch, *are your hands dry? mine are wet.*
pàirt-dhathach, -aiche, *a.* Parti-coloured.
pàirteach, -eiche, *a.* Sharing, having a share. 2 Communicating. 3 Generous, liberal. 4 Divided into parts or shares. 5 Ready to share. 6‡‡ Related.
pàirteach, *s.* see pàirtiche.
pàirteachadh, -aidh, *s.m.* Partnership. 2 Sharing, act of sharing, dividing, act of dividing. 3 Communication, act of communicating. A' p—, *pr.pt.* of pàirtich.
pàirteachail, -e, *a.* Divisible. 2 Sharing, ready to share, communicating, portionable.
pàirteachas, -ais, *s.m.* Participation, partnership.
pàirteachd, *s.f.ind.* Bountifulness.
pairteag, Gaelic spelling of *partridge.*
pàirtean, *pl.* of pàirt. 2 *vulgarly*, Abilities, powers.
pàirtear,** -eir, -an, *s.m.* Sharer, partner, one who possesses or receives a part. 2 Participle in *grammar.*
pàirteil, -e, *a.* Favouring, kind. 3** Partial. 3††Participating. Iriosal p., *humble and kind.*
pàirt-fhear, -fhir, *s.m.* see pàirtear.
pairtich, *v.a.* Share, divide. 2 Communicate, impart, bestow. 2 Partake.
pàirtiche, -an, *s. m.* Partner. 2 Abettor. 3 Distributer, sharer. 4 Accomplice. 5 Partaker. 6 Associate.
pàirtidh, -ean, *s.* Gaelic spelling of *party.*
pais, *s. f.* Slap, blow with the open hand. 2 Box on the ear—*Sàr-Obair.*
†pais, -e, *s.f.* Passion, suffering.
paisd, -e, -ean, *s. m. & f.* [*m.* in *Badenoch*] Child, infant, babe. 2 In *W. of Ross-shire*

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

this word is restricted to a female child, although the term "pàisd nighinn" may be heard there—(CR)
pàisdeachas,(MS) -ais, *s.m.* Boyhood, boyism.
pàisdealachd, *s.f.ind.* Childishness, puerility, babyism.
pàisdean, *n.pl.* of pàisd.
pàisdean, -in, -an, *s.m., dim.* of pàisd. Infant.
pàisdeanach,†† *a.* Childish.
pàisdeil, -e, *a.* Childish, puerile, babyish.
paisean, -ein, -ean, *s. m.* Fainting fit, swoon. Cuiridh mi p. ort, *I will knock you senseless;* p. bàis, *a dead faint.*
paiseanach, -aiche, *a.* Swooning, subject to swoons or fainting fits.
paiseanadh, see paisean.
paisein, see paisean.
paisg, -e, *pl.* -ean & -eachan, *s.f.* Web or parcel of cloth. 2 Anything folded up. 3 Faggot. 4 Bunch, as of keys. P. inchraicheau, *a bunch of keys;* p. shlat, *a faggot of twigs.* also pasg.
†paisg,** *s.f.* Severe cold.
paisg, *v.a.* Wrap, involve, fold in. 2 Wrap up, fold, roll together. 3 Imply. 4** Swathe, swaddle, shroud. 5** Benumb with cold. 6 Dismount anything. P. do shlat, *take down and tie up your fishing rod;* p. do ghunna, *dismount your gun;* ph. si i féin, *she wrapped herself;* p. an t-aodach, *fold up the cloth.*
paisgeach, -eiche, *a.* Of, or belonging to, parcels, as of folded cloth.
paisgean,** -ein, *s.m.* Bundle, pack. 2 Sindon, wrapper.
paisgearra,** *s.f.* Midwife.
paisgte, *past pt.* of paisg. Wrapped, wrapt up, swathed. 2 Folded. 3 Rolled together, shrouded, swaddled.
pàist, see pàisd.
——ean, see pàisdean.
pait, -e, *pl.* -ean & -eachan, see poit.
pait, -e, -ean, *s.f.* Hump, lump, swelling. 2 Thump. 3 Smart blow on the head. 5 (CR) Stepping-stones—*W. of Ross-shire.* 4 Ford. 5 Protuberance. 6(AF) Hare. 7(AF) Young of any animal.
pàiteach, -eiche, *a.* Thirsty. 2 Parched, droughty.
paiteach, -eiche, *a.* Humpy, hunchy, having a hump or bunch. 2 *humorously,* Phrenological. 3 Having protuberances.
paiteachd, *s.f.ind.* Thirstiness.
paiteag, -eig, -an, *s.f.* Butter. 2 Small lump of butter. 3 Periwinkle (shell-fish.) 4 (AF) see pait 6 & 7.
paitean, -ein, *s.m.* Gaelic spelling of *patten.*
paitir,* -ean, *s.m.* *humorously* Phrenologist.
———eachd,* *s.f.ind.* Phrenology. 2 Thumping.
paitrisg, *s.f.* Gaelic spelling of *partridge.*
pàl,(DU) *s.m.* Old fish or one in poor condition. P. truisg, *a poor cod.*
pàlas, *s.* Gaelic spelling of *palace.*
palltag,** -aig, *s.f.* Thump, blow.
palmadair, see falmadair.
palmair, -ean, *s.m.* ‡Rudder. 2 see falmadair.
pànair, see pònair.
pànaireach, see pònaireach.
panna, Gaelic spelling of *pan.*
pannag,** -aig, see bannag & bonnag.
pannagan,** -ain, *s.m.* Pancake.
pannal, see bannal.
pannan, see bannal.
pantair, see pantraidh.
pantraidh, Gaelic spelling of *pantry.*
paoic, (CR) *s.f.* Piece, lump, as of butter.
paoiteag, see boiteag.
Pàpa, -n & -chan, *s.m.* Pope.
pàpach, -aiche, *a.* Pontifical.
pàpachd, *s.f.ind.* Popedom, papacy, papal dignity.
pàpanach, -aiche, *a.* Popish.
--———, -aich, *s.m.* Papist, Roman Catholic. Ban ph., *a female Roman Catholic.*
-- ———as, -ais, *s.m.* Popery. 2 Popedom.
-- ———d, *s.f.* Popery. 2 Popedom.
pàpanas, -ais, *s.m.* see pàpanachas.
pàpar, *Badenoch, Glenurquhart, &c.* for pàipear.
parabal, -ail, *s.m.* Gaelic spelling of *parable.*
paracait,** *s.f.* Paroquet. 2 Parrot.
paracas, -ais, *s.m.* Rhapsody.
paradh, -aidh, *s.m.* Pushing, act of pushing, 2 Brandishing.
Paraidh, (variation of Para, *Patrick,* often erroneously used for *Peter*) *s.* Stormy-petrel. —*Lewis.* So called from its being always on the water, and the fact that St. Peter walked on the water. also Peadaireach.
paralais, see pairilis.
paralus,** -uis, *s.m.* Parlour, room to entertain.
para-nau-cearc, *s.* Kite, gled.
pàrant, *s.m.* Parent.
para-riabhach,¶ *s.* Honey-buzzard, see clamhan riabhach.
para-riabhach-nan-cearc,** *s.m.* Kite, gled.
paras,** -ais, see parras.
pardag, -aig, -an, *s.f.* Pannier, hamper used in mountainous places for carrying things on both sides of horses or mules.
parladh,** *s.m.* Parley.
Pàrlamaid, -e, -ean, *s.f.* Parliament.
———each, -eiche, *a.* Parliamentary.
†parn,** *s.m.* Whale.
parr, see parra. 2 see para-riabhach.
parra,(AF) *s.* Jay. 2 Woodpecker. 3 Jackdaw.
parracait, *s.f.* see paracait.
parrachan, *s.m.* Jackdaw.
parraist, -ean, *s.m.* Gaelic spelling of *parish.*
———each, -eiche, *a.* Parochial.
———each, -ich, *s.m.* Parishioner.
Pàrras, -ais, *s.m.* Paradise, heaven. A chuid de Ph. dha! *may he be enjoying his share of Paradise!*—a common termination to obituary notices.
pàrrasail,** *a.* Elysian.
pàrtach, -aiche, *a.* see pàirteach.
partan, -ain, -an, *s.m.* Small edible sea-crab of a black colour and 3 or 4 in. long and 2 or 3 in. broad. 2 (CR) Crab smaller than crùbag, with a dark shell reddish underneath and not used for food—*W. of Ross-shire.* 3 (AF) Crab-louse. 4 The sign Cancer (♋) in the zodiac. 'S fhèarr am p.-tuathal na bhi gun fheartaighe, *better the unnatural crab than to be without a husband*—a sarcastic phrase used when a woman consents to marry a diminutive man—the partan always moves northwise, or against the sun's course. [But partan-tuathal is applied to the hermit-crab in some parts, which would suggest a rich wife and a husband who was poor, and who, like the hermit-crab, occupies a house which is another's.] N.G.P. explains the saying as follows: two women lived together, one of whom stole the other's meal out of her bag, the sufferer then put a live lobster (crab) in her bag, and the next time the thief put her hand in she was caught; she cried out "tha 'n Donas 'nad phoca-sa," (the devil 's in your bag,) "tha," said the other, "'nuair 'tha thus' ann," (yes, when you are there.)
partanach, -aiche, *a.* Abounding in, or like, crabs or crab-lice. 2**Greedy, rapacious.
———d,** *s.f.ind.* Rapaciousness, extreme greed.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

partan-tuathal,(DC) Hermit-crab.
pascart, see bascaid.
pasg,** -aisg, *s. f.* Wrapper. 2 Covering. 3 Swaddling-cloth. see paisg
pasg, *v, & s f.* see paisg.
pasgach, -aiche, *a* Wrapping, folding up covering, swaddling, swathing
———,* *s.f.* Wrapper.
pasgadh, -aidh, *s. m.* Wrapping, act of wrapping, covering, or folding up 2 Envelope. 3 Swathing, swaddling, binding up. A' p –, *pr. pt* of paisg Beagan pasgaidh nan làmh, *a little folding of the hands.*
pasgairt, see pasgart.
pasgan, -ain, -an, *s. m.* Bundle 2 Wallet. 3 Little group or flock. 4 Volume of a book.
pasganach, -aiche, *a.* In bundles. 2 In little groups or flocks.
pasgar, *fut. pass.* of pasg.
pasgart, -airt, -an, *s.m.* Basket, pannier.
pasmunn, -uinn, -an, *s.m.* Expiring pang.
pastaghadh,(AF) *s.* Diver (bird.)
pat,(MS) *v.a.* Bethump.
pata,(AF) *s.* see poit. 2** Leveret.
pataidh,(CR) Anything big of its kind—*Arran.*
patan, -ain, *s.m.* see pait. 2**Leveret. 3 Cloth tied round the cheeks as for toothache—CR.
patantachd,** *s.f* Thickness
pàtaran, *s.m.* Gaelic spelling of *pattern.*
path, *s.m.* see padhadh.
pàthach, see pàiteach.
pathadh, see padhadh.
†patnide,‖ " Leporinus."
patraigeadh, (DMC) *s.m* Batter.
pàtran,** -ain, *s.m.* Patron
peabar, -brach, -aichean, *s.f. & m.* Pepper. 2 Spicery.
peabarach, -aiche, *a.* Peppered.
peabar-uisge, see lus-an-fhogair.
peabh-chearc,** -chirc, -chearcan, see peucag.
peabh-choileach, see peubh-choileach.
peabh-eun, see peubh-eun.
peabrach,†† *a.* Peppery.
peabrach, *gen.sing.* of peabar.
peabrachadh, -aidh, *s.m.* Act of seasoning with pepper or spices. 2‡‡ State of receiving or acquiring taste for spice, pepper, &c. 3 (DMC) Exciting, irritating. A' p—, *pr.pt.* of peabraich.
peabraich, *v.a.* Seasen with pepper or spice.
peabraichean, *pl.* of peabar.
peabraichte, *past pt.* of peabraich. Peppered. 2 Spiced.
peabh-eun, -eòin, *s. m.& f.* see peucag & peubh-choileach. A' giùlan pheubh-eun, *carrying peafowl.*
peac, see peacadh.
†peac, -eic, -ean, *s.f.* Any long, sharp, pointed thing. 2 Germ of a vegetable. 3 see peuc.
peacach, -aiche, *a.* Sinful.
pèacach, see peucach.
peacach, -aich, *s.m.* Sinner.
peacachadh, -aidh, *s.m.* Sinning, act of sinning, erring. 2 Transgression. A' p—, *pr. pt.* of peacaich.
peacadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Sin. Ris a' ph., *sinning.*
p.-bàis, *mortal sin.*
p.-beag, *a peccadillo.*
p.-collaidh, *incest.*
p.-gine, *original sin.*
p.-gnìomha, *actual sin.*
p.-leanainn, *habitual sin.*
p.-sola, *a venial sin.*
p.-so-laghadh, *a venial sin.*
peacag, see peucag.
peacaich, *pr.pt.* a' peacachadh, *v.a.* Sin, transgress, offend.
peacaidheachd, see peacaireachd.
peacail, -e, *a.* see peacach.
peacair, -ean, *s m* Sinner.
———eachd, *s.f.ind.* Sinfulness. 2††Sinning.
peacalachd, see peacaireachd.
peacarach,(AF) *s.m.* Noxious animal (sinner.)
peachdaidheachd, see peacaireachd.
pea-chearc, see peucag.
pea-choileach, see peubh-choileach.
pea-choileach, see peubh-choileach
peadaireach,(AC) -ich, *s.m.* Stormy petrel.
pealag, -aig, -an, *s.f.* Pelican.
pealaid, -e, -ean, *s.f.* see peallaid.
pealarach,(AF) *s.m.* Stormy petrel.
peall, pill, *pl.* -an & pillean, *s. m.* Hairy skin, hide. 2 Couch, pallet. 3 Veil, covering, coverlet. 4 Bunch of matted hair. 5 Mat. †6 Horse. 7(MMcL) Tarpaulin—*Lewis.*
peall, *v.a.* Cover. 2 Pull asunder, pluck, tear in pieces. 3 Clot, mat, as wool. 4 Teaze.
peallach, -aiche, *a.* Shaggy, having rough or matted hair. 2 Having couches or pallets. 3 Matted. 4 Covered with mats. 5* Paltry, trifling. 6 Teazing. 7 Slatternly. 8 Having ragged harness A shine pheallaich ! *thou shaggy old age !*
peallach,(AF) *s.m.* Porpoise.
pealladh, -aidh, *s.m.* Covering, act of covering. 2 Pulling, act of pulling or tearing asunder. 3 Clotting, matting. A' p—, *pr. pt.* of peall. Tha 'ghruag air pealladh, *his hair is matted.*
peallag, -aig, -an, *s.f.dim.* of peall. Shaggy hide or skin. 2 Little bunch of hair. 3 Clout. 4 Little couch or pallet. 5 Little covering. 6 Trollop, ill-dressed or ragged woman. 7†† Little mat or rug. 8 Hassock. 9 Umbrella. 10 Coarse harness, primitive or ill-kept harness. 11 Cart-harness. 12 Inferior wool—*Skye.* 13* Mat of straw. 14* Bass. 15* Sort of under pack-saddle. 16**Coarse blanket.
peallagach, -eiche, *a.* see peallach. Na toir droch mneas air loth ph., *do not despise a shaggy filly.*
peallaid, -e, -ean, *s.f.* Sheep-skin stripped of its wool or hair. 2 Little ball, pellet. 3 Fillip. 4* Paltry female.
peallaideach, -eiche, *a.* Dressed in skins or hides 2 Abounding in sheep-skins.
peallan,†† -ain, *s.m.* Tar-mop.
peallastair, -ean, *s.m.* see peilistear. 2 (DMC) Impertinent or cheeky fellow.
pealltag, -aig, -an, *s.f.* Patched cloak. 2 Pall.
pealtag,** -aig, *s.f.* Clod.
pean, see peann.
peana, (DU) *pl.* peanachan, *Gairloch* form of peann.
peanachas, -ais, -an, see peanas.
†peanaid, see peanas.
peanaideach, see peanasach.
peanaisd, -ean, see peanas.
peanaisdeachadh, -aidh, *s.m. & pr.pt.* of peanaisdich, see peanasachadh.
peanaisdich, *v.* see peanasaich.
peanaiste, *past pt.* Punished.
peanaisteachadh, (MS) *s.m.* Tantalism.
peanaistich,(MS) *v.a.* Avenge.
peanar, -air, see peannar.
peanas, -ais, -an, *s.m.* Punishment. 2 Penance, chastisement, correction.
peanasach, -aich, *a.* Punishing. 2 Penal. 3 Prone to punish. 4 Annoying. 5 Vengeful. 6 Of, or relating to, punishment.
peanasachadh, -aidh, *s. m.* Punishing, act of punishing, punishment. A' p—, *pr. pt.* of peanasaich.
peanasachail, -e, *a.* see peanasail.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

peanasaich, *pr.pt.* a' peanasachadh, *v.a.* Punish. 2 Torture. 3 *Annoy. 4 Avenge. 5** Chastise, correct.
peanasaiche, -an, *s.m.* Punisher, chastiser. 2 Executioner.
peanasaichte, *past pt.* of peanasaich. Punished, chastised, corrected.
peanasail, -e, *a.* Actionable. 2 Penal, punishable. 3‡‡ Inflictive. 4** Deserving punishment.
peanas-cuirp, *s.m.* Corporal punishment.
peanasda,** *a.* Penal.
peanas-eaglais, *s.m.* Ecclesiastical punishment.
peang, -aing, -an, *s.f.* Tenon in *joinery*.
peann, -a, -tan, *s.m.* Pen. P. iaruinn, *an iron pen.*
peannagan, -ain, -an, *s.m.* Pen-case. 2** Penner.
peannaid,** *s.f.* Pain.
peannair, -ean, *s.m.* Penman. 2 Good writer. 3**Pen-case.
peannaireachd, *s.f.* Penmanship.
peannar, -air, see peannair.
peann-ite, *s.m.* Quill-pen.
peann-leac, *s.m.* Slate-pencil.
peann-luaidhe, *s.m.* Lead-pencil.
peannsair,** *s.m.* Fencer. 2 Pair of pincers.
peannsal,** -ail, -an, *s. m.* Gaelic spelling of *pencil.*
peanntach,†† *a.* Of, or belonging to pens.
peanntair, *v.a.* Scribble, scrawl.
————eachd,* *s.f.ind.* Scribbling, scrawling
peanntan, *pl.* of peann.
peapag, -aig, -an, *s.f.* Squash, pompion.
peapog, see peapag.
pearla,** *s.m.* Gem, precious stone. 2 Gaelic spelling of *pearl.*
pèarlach,** *a.* Abounding in gems or pearls. 2 2 Like a pearl. 3 Plaited, corrugated.
pèarlaich, *v.a.* Bedeck with pearls or gems. 2 Plait, corrugate.
pèarluinn, -e, -ean, *s. f.* Fine linen, muslin, cambric, gauze.
pèarluinneach, -each, *a.* Of, or abounding in, fine linen, muslin, cambric or gauze. 2 Like fine linen, muslin, cambric or gauze. 3 Made of fine linen, &c.
†pears, see pearsa, 3.
pearsa, -chan & -nnan, *s. m. & f.* Person, any one 2 Person, bodily shape or appearance. †3 Gaelic spelling of purse. Do ph. dheas, ghrinn, *thine active elegant form*; mile p., *a thousand persons.*
pearsachadh, -aidh, *s.m.* Personification, act of personifying. A' p—. *pr.pt.* of pearsaich.
pearsachan, *pl.* of pearsa.
pearsaich, *v.a.* Personify, represent.
pearsail, -e, *a.* Personal.

561. Pearsal.

562. Peasair-an-arbhair.

pearsal, -ail, *s. m.* Parsley—*petroselinum sativum.*
pearsal mór, *s.m.* Smallage, wild celery, see lus-na-smalaig.
pearsalach,** *a.* Abounding in, or like, parsley. 2 Of parsley.
†pearsan, -ain see pearsa.
pearsannan, *pl.* of pearsa.
peasranta, -ainte, *a* Personal, personable, of good appearance, handsome, portly.
pearsanta,* *adv* (gu p—) Personally.
pearsantachd, *s.f.ind.* Handsomeness, portliness. 2 Personality.
pearsantail, -e, *a.* Personal.
pearsluibh,** *s.f* Parsley.
pears-eaglais, -an-, *s.m.* Clergyman.
peartog, see ceare-thomain
peas,** *s.m.* Purse. P. ghadaiche, *a cutpurse.*
peasair, peasrach, peasraichean, *s. f* Pease, pulse. Eitean peasrach, *a grain of pease.*
peasair-a'-mhadaidh-ruaidh, *s.f.* Bird's-foot trefoil—*lotus corniculatus.*
——— -an-arbhair,§ *s. f.* Hairy vetch, common tare—*vicia hirsuta.*

563. Peasair-bhuidhe. *564. Peasair-nam-preas.*

——— -bhuidhe,§*s.f.* Yellow vetchling—*lathyrus pratensis.*
——— -chapuill,§ *s.f.* Vetch, see fiatghal.
peasair-each, *s.f.* Bush-vetch.
peasair-fiadhain,§ *s.f.* Vetch, see fiatghal.
peasair-gheal, *s.f.* White pease.
peasair-luchag, *s.f.* Tufted vetch.
peasair-nam-preas,§ *s.f.* Bush vetch,—*vicia sepium.*
peasair-nan-each, see peasair-each.

565. Peasair-nan-luch.

peasair-nan-luch,§ *s.f.* Tufted vetch—*vicia cracca.* 2 Lentil, chick-pease
peasair-radain, see peasair-nan-luch.
peasair-tuilbh,§ *s.f.* Heath-pease, see cairmeal.
peasan, -ain, *pl.* -an [& -ain**], *s.m.* Petulant or impudent person, varlet. 2 Sorry little fellow. 3**Imp. brat, puppy. 4**Purse.
———ach, -aiche, *a.* Petulant, impudent, pert, troublesome. 2 Sorry, mean, little. 3 Impish, barefaced. Gu p., *impudently.*
———achd, *s. f. ind.* Petulance, impudence, pertness, barefacedness, impishness.
peasan-leannain,‡‡ *s m.* Amatorculist.
———ta,* see peasanach.
———tachd, see peasanachd.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

peasar, see **peasair.**

peasg, peisg, -an, *s.f.* Gash, notch, kibe, cranny 2 Chap on the skin, incision, bursting of the skin, as with cold. 3 Crevice, as in wood

peasg, *pr. pt.* a' peasgadh, *v.a. & n* Notch, gash, slash. 2 Become gashed or notched, chink. 3 Chap, as the hands, burst as the skin with cold. 4†† Irritate, the skin as with salt water.

peasgach, -aiche, *a.* Gashed, cut 2 Abounding in gashes or notches. 3 Chapped, burst, as the skin with cold. 4 Causing gashes or notches. 5 Causing the skin to burst with cold.

peas-ghadaiche, -ean, *s. m.* Pick-pocket, cut-purse.

peasgadh, -aidh, *s.m.* Gashing, cutting, act of gashing, cutting or notching. 2 State of becoming gashed or notched. 3** Slight incision 4 Bursting of the skin. A' p—, *pr pt* of peasg.

peasgta, *a.* Chapped.

peasrach,* *gen.sing.* of peasair.

————,†† *a.* Pertaining to pulse or pease

peasraichean, *pl.* of peasair. Kinds of pease, fields of pease.

peata, *pl.* -n & -chan, *s.m.* Pet, tame animal 2* Spoiled child.

peatach,†† *a.* Petted.

peatadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* see peata.

peatag,(AF) *s.f.* Plover—*Dean of Lismore.*

peata-odhar,(AF) *s.m.* Cormorant—*Dean of Lismore.*

peatarnachd,* *s.f.ind.* Fondling.

peata-ruadh,¶ *s.m.* Puffin.

peathair, -e, -ean, *s.m.* see peithear & peithir.

peathar,* *gen. sing.* of piuthar.

peathrachas, -ais, *s.m.* Sisterhood.

peathraiche, (a ph— !) *voc.pl.* of piuthar.

————an, *n.pl.* of piuthar.

peath-shaileach,(AF) *s.* Pea-hen, see peucag.

pecoc, see peucag.

peghinn, see peighinn.

peic, -e, -eannan, *s. m.* Peck (measure of two gallons. 2 The vessel used for this measure.

péic,** *s.f.* Long tail. (see peuc.)

peiceag, -eig, -an, *s.f.dim.* of peic. Little peck. Cha'n fhaigh sinn p. bracha thogail, *we cannot brew a peck of malt.*

péiceallach,** *a.* Having a long tail.

peicein, *s.m.* see peiceag.

peich, *v.a.* Sniff with anger.

peichil,** *s.f.* Sniffing with anger. 2 One twentieth part of a davoch—AH. see note under dabhach.

peighinn, -e, -ean, *s.f.* Penny Scots, one twelfth of a penny sterling. 2* Denomination of land, equal to a *còta-bàn*, groat-land. 3 Round bit, like a coin. Cha'n 'eil p. agam, *I have not a penny;* na h-uile p., *every coin*; 'ga ghearradh 'na pheighinnean, *cutting it into round bits;* p. ruadh, *a penny sterling.*

The following note is from D.C.

The system of land measure which prevailed in the Western Isles and then took root in Argyllshire, was neither Pictish nor Irish, but Norse. The unit was the "ounce-" land, i.e. the extent of land which paid the rent of an ounce of silver. The word was borrowed by Gaelic, and appears as *unnsa*. The land term was *unga* (e.g. Unganab in North Uist and in Tiree.) It appears in old charters as, *teroung, teiroung*, &c. This extent was divided into 20 parts—sometimes into only 18—such parts being called *peighinn*; hence many place-names (e.g. Pennymore, Peighinnchornaich, &c.) In some places the pennyland was subdivided. On Lochfyneside we meet with Lephinmore, Lephincorrach, (the big half pennyland and the rough half pennyland); also an Fheoirling, (the farthingland.) A conventional use of the term *peighinn* is met with in Skye—the crofting township of Elgol is separated by a march dyke from the deer-forest, each crofter is responsible for the upkeep of a specified length of the dyke, and it is called the *peighinn* of his croft, similarly the part of the shore allotted to each croft for seaware is called the *peighinn* of that croft. The full fractional division of land was carried out in Islay thus:—

1	oz. land	=20*d.* sterling	=12 markland	=133*s.* 4*d.* Scots	=Tirunga
½	,,	=10*d.* ,,	= 5 ,,	=66*s* 8*d.*	=Leth pheighinn.
¼	,,	= 5*d.* ,,	= 2½ ,,	=33*s* 4*d.*	= { Ceathramh, quarterland.
⅛	,,	= 2½*d.* ,,	= 1¼ ,,	=16*s.* 8*d.*	=Ochdamh.
1-16th	,,	= 1¼*d.* ,,	= ⅝ ,,	= 8*s* 4*d.*	=Leothras.
1-32nd	,,	= ⅝*d.* ,,	= 5-16ths,,	= 4*s.* 2*d.*	= { Còta bàn or groat land.
1-64th	,,	= 5-16*d.* ,,	= 5-32nds,,	= 2*s.* 1*d.*	=Da sgillinn.

Lands in Islay were valued in 1541 in quarters, half quarters and eighths; in 1562 these began to be given as equivalents of multiples and fractions of 10 marks, which sum was taken as amounting in value to an ounce of silver.

peighinneach, -eich, *a.* Full of pence, rich.

peighinneach, -eiche, *a.* Spotted, dappled as a horse, pock-marked.

peighinnich,* *v.a.* Make round bits, as coins.

peighinn-rioghail,§-e-, *s.f.* Pennyroyal—*mentha pulegium.*

peigidh, *s.f.* Herpes, shingles.

peilc,(CR) *s.* Large stomach, as of a cow that has eaten its fill—*Arran.*

peileag,** -eig, *s.f.* see péilig. 2 Felt. 3 Any coarse cloth.

————ach,** *a.* Coarse, as cloth. 2 Like felt. 3 Made of felt.

pei eagach, -aiche, *a.* Given to chattering. *566. Peighinn-rioghail.*

peilear, -air, *s.m.* Ball, bullet, p.-beithreach, *thunderbolt*, p.-lann, *cartouch; a place where balls are piled*

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

up.
p.-mullaich, *balloon, in architecture.*
p.-tàirnich, *thunderbolt.*
p.-tàirneanaich, *a thunderbolt.*
peileasach, -aiche, *a.* Frivolous. 2 Troublesome.
peileastair, *s m.* Quoit. 2††Small flag (stone.) see peilistear.
peileid, -e, -ean, *s.f.* Cod, husk. 2 Bag. 3 Mangled sheep-skin. 4 Blow, slap on the cheek. 5* see péilig.
———each, -eiche, *a.* Covered with a cod or husk. 2 Furnished with bags. 3 Like a bag.
peileir, see peilear.
———each, -eiche, *a.* Abounding in balls or bullets. 2 Like a ball or bullet.
peil-ghuin,** *s.f.* Pang, torment.
———each, -eiche, *a.* That tormenteth or giveth pain.
péilig, -e, -ean, *s. f.* Porpoise, sea-hog.
peiliocan,** -ain, *s.m.* Pelican.
peilistear, -eir, -eirean, *s.m.* Small flat stone used in place of a quoit. 2 Game of quoits.
peilleag,** *s.f.* Felt.
peillic, -e, -ean, *s.f.* Hut or booth built of earth and branches and roofed with skins. 2 Felt. 3 Any very thick or coarse cloth. 4 Covering made of skins or coarse cloth. 5*Pit. 6(CR) Basket of untanned hide.
———each, -eiche, *a.* Clumsy. 2 Thick, coarse. 3 Like felt. 4 Made of felt.
peillichd, see peillic.
peilp,** *s.* Futility, gabble. 2 Insolence.
——each,** *a.* Futile.
——eanta,** *a.* Communicating, gabbling. 2 Huffish. 3 Insolent.
péin, *gen.sing.* of pian.
péin, -e, *s.f.* Pain, punishment, torment, (pian.)
péin-dlighe, -an, *s.m.* Penal law.
péinealtach,†† *a.* Tyrannical. 2 Painful.
———d,†† *s.f.* Tyranny. 2 Pain.
péineil,†† *a.* Painful.
———teachd,†† *s.f.* Tyranny.
péingilteach, -eiche, *a.* Rigorous, bare. 2 Tyrannical.
———d, *s.f.* Rigour. 2 Tyranny, cruelty.
†peinn, -e, -ean, *s.f.* see beinn.
peinneag,* *s.f.* Chip of stone for filling crevices in a wall.
peinnt,* see peinnteag.
peinnteag,* -eig, -an, *s.f.* Small pretty shell or pebble.
peinnteal, -eil, -an, *s.m.* Snare. 2 Straitening, confinement. 3* Mare.
———ach, -aiche, *a.* Of, or pertaining to, snares, snaring. 2 Straitening, compressing. 3 Penurious.
pròisean, -ein, -an, *s.m.* Proud or haughty person. 2 Puppy, conceited person. 3**One who flatters or humours. 4 One who requires to be flattered or humoured.
pròiseil, -e, *a.* Proud, haughty. 2 Ceremonious, nice, punctilious. 3 Gallant. 4** Requiring flattery or cajoling. 5 Conceited, foppish. 6 *Uppish, as a prude. 7*Neat, little and punctilious.
proitseach, -ich, *s.m.* Boy, stripling. 2* Good lump of a boy.
pronaistear, *W. Perthshire* for pronnasg.
pronastal, see pronnasg.
pronastan,(CR) *Sleat & Lewis* for pronnasg.
pronn, -oinn & -uinn, *s.m.* The coarsest part of oatmeal with the seeds left in sifting. 2 (AF) Pollard (fish.) 3 Food. 4 Dinner. 5(D My) Ground oats for sowens. (also p.-coirce.) Ghabh iad p. agus deoch, *they took food and drink.*
pronn, *pr.pt.* a' pronnadh, *v. a.* Pound, bray, mash, bruise. 2** Grind, pulverize, mince. 3 Maul. 4 *Mutter. †5 Give, bestow, distribute. Ged ph. thu amadan, *though thou bray a fool*; thug e là air pronnadh òir, *he spent a day in distributing gold*; le phuirt thrileanta shiubhlach, 'phronnar luthmhor le dìon. *with quavering, brisk tunes played quickly* with keenness—*MacMh. Alasdair, Oran an t.-Sù*; crunluath lomara 'ga phronnadh, *a "crunluath" being pounded or broken—i.e.* the continuous sound of the pipe-tune being broken into small fragments or short notes. —*Mol. an Leòmh., 10. 13.*
pronn, pruinne, *a.* Pounded, brayed, mashed. 2 ** In fragments. 3 Crisp, brittle, friable. 4**Smooth. Siùcar p., *moist sugar.*
pronnach, -aiche, *a.* That pounds or breaks into fragments, pulverizing, dividing, distributing. 2 Generous. 3 "Drossy."
————, -aich, *s.f.* Anything pounded or broken in small fragments, "dross."
pronnadair, -ean, *s.m.* One who mashes or pounds. 2 Mortar. 3 Pestle. 4 Grinder, bruiser. 5**Hammer.
————————eachd, *s.f.* Pounding, braying, breaking into fragments, bruising.
pronnadh, -aidh, *s.m.* Pounding, act of pounding, braying, breaking or mashing. 2 Bruise, bruising. 3 Splintering, grinding, mincing. 4 see pronndal. A' p—, *pr.pt.* of pronn.
†pronnadh, -aidh, *s.m.* Distributing, giving, bestowing. 2 Generosity. 3 Destruction.
pronnag, -aig, -an, *s.f.* Small crumb. 2 "Dross." 3 Anything minced or pulverized.
————ach, -aiche, *a.* In fragments, pulverized. 2**" Drossy."
pronnaich,(MS) *v.a.* Grind.
pronnal, -ail, *s.m.* see pronndal.
————ach, -aich, see pronndalach.
————aich, -e, see pronndalaich.
pronnan, *s. pl.* Bits, fragments. P. arain, *bread crumbs.*
pronnan, -ain, *pl.* -an & -ain, *s. m.* Fragment, bit, splinter. 2 One who divides. 3 Generous person.
————ach, -aiche, see pronnagach.
pronnar, see pronnmhor.
pronnas,(DU) *s.m.* Leavings of food, fragments of any sort, detritus.
pronnasg, -aisg, *s.m.* Brimstone, sulphur.
————ach, -aiche, *a.* Sulphureous, brimstony. 2 Asphaltic.
pronnasgail,** *a.* Sulphureous, sulphury.
pronnasdail, *Badenoch* for pronnasg.
pronnastair, *Arran* for pronnasg.
pronnasgachd,(MS) *s.f.* Sulphureousness.
pronn-bhiadh, -bhìdh, *s.m.* Fragments of victuals. 2**Minced meat. 3 Fragments of nuts.
pronnastail, *Strathspey* for pronnasg.
pronnastal, *Edinbane* (*Skye*) for pronnasg.
pronn-chainnt, -e, *s.f.* Small talk.
————————each, -eiche, *a.* Loquacious. 2 Trifling in conversation.
pronndach,** *a.* Pulverizing, bruising. 2 Splintering.
pronndal, -ail, *s. m.* Muttering, murmuring, grumbling, growl, undertone. 2 Low noise or note. 'Dé am p. a th' ort? *what are you muttering about?*
pronndalach, -aiche, *a.* Muttering, murmuring, making a low noise, grumbling.
pronndalaich, -e, *s.f.* Murmur, continued muttering or low sound, growling, grumbling.
pronn-ghlòir, -e, *s. f.* Small talk, loquacity, tattle. 2 Whispering.
———————each, -eiche, *a.* Loquacious, tattling. 2 Whispering.
pronn-ghlòrach, see pronn ghlòireach.
pronn-lios, see proinn-lann.
pronnmhor, -oire, *a.* Ground, minced, pulverized, in fragments.
pronnt, see pronntach.
pronnta, *a. & past pt.* of pronn. Pounded, brayed, mashed, bruised, pulverized.
pronntach, *s. m.* Meal obtained by pounding grain in a stone mortar—still used in some parts.
pronntachd,(AC) *s.f.* Prosperity.
†pronntain, -e, *s.f.* Provender.
pronntair, -ean, see pronnadair.
pronnte, see pronnta.
pronnusg, -uisg, see pronnasg.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

pronnusgach, see pronnasgach.
prop, -a & -uip, -achan, *s.m.* Prop, support, pillar, undersetter, post.
prop, *pr.pt.* a' propadh, *v.a.* Prop, support, back, uphold.
propach, -aich, -aichean, *s.m.* Seaware, kelp-ware, black tangle, lady-wrack—*fucus versiculosus.* 2 Smart boy, *prov.* for propairneach.
propach, *a.* Propping.
propadh, -aidh, *s.m.* Propping, act of propping, supporting or sustaining. 2 Support, prop. A' p—, *pr. pt.* of prop.
propaidh, *fut. aff. a.* of prop.
propainn, *v.a* see prop.
————te, *past pt.* of propainn.
propairneach, -ich, *s.m.* Stripling, stout sturdy lad.
propanach, *Argyll* for propairneach. 2* Well-built boy beginning to run about. Am p. a ninn, *the handsome stripling.*
propataireachd, *s.f.* There are two games in Uist called by this name.

1. A game like quoits or pitchers. Two large stones or props are set up on end at a distance from each other of about 20 yards. The number of players varies from two to six. If more than two play, they may do so singly or in picked sides. The only articles needed are the props and two flat pieces of stone, as nearly balanced as possible, wherewith to toss. The game goes by points, a certain number, usually 21, being agreed on as game. The pointing or scoring, which is not reckoned in the same way anywhere else, is as follows in Uist. Three points if you knock the prop down fairly, one point if that pitcher lies nearer the prop than any other, one point if your other pitcher lies nearer than any of your opponent's. Thus, if your two quoits be nearer the prop than your opponent's two, you have two points; if only one is nearer then you have only one point. In the case of two players, both stand at the same prop and toss at the opposite prop endeavouring to hit it or lie as near to it as possible. In the case of sides (say, two on each side) one member of each side takes the stones, while the other two stand at the opposite prop, and toss each his two quoits to the best of his ability. These are then in turn tossed towards them again by those at the other end, the game counting, as usual, in points.

propataireachd(2), or leagail shaighdear (felling the soldier.) Game played on the same principle as skittles. There are two equal sides of any number, usually about seven, and each player has a prop, which he sticks in the ground just enough to make it stand. Each player is provided with two stones for throwing at the props. The side which wins the toss then starts to knock as many as possible of their opponents' props down in this way. The first man in the row throws his two quoits trying to knock as many down as he can; his neighbour follows, and so on, till all the row have thrown their quoits. If they knock down all the opposing props, the game is theirs; if not, their opponents start in exactly the same way to knock theirs down. If they succeed, they win the game; if not, the props are set up again and play recommences.—" Uist Games " in *Celtic Review, No. 16.*
propta, *past pt.* Propped, sustained, supported, upheld.
propte, see propta.
prosda,** *a.* Strong, firm, stout.
prosnach, *a.* see brosnachail.
prosnacha lh, see brosnachadh.
prosnachail, see brosnachail.
prosnaich, see brosnaich.
————te, see brosnaichte.
prosnan, -ain, *pl.* -ain & -an, *s. m.* Company, band, group.
————ach, -aiche, *a.* In companies, bands or groups.
prosnuchadh, see brosnachadh.
prosnuich, see brosnaich.
protaig,‡ *s.f.* Trick—*Badenoch.*
pròtail,‡ *a.* Prond—*Arran,* see bròtail.
prothaid, see probhaid.
prothaist, see probhaist.
————each, see probhaisteach.
†pruchlais, -e, -ean, *s.f.* Den, cave.
pruidh ! *int.* Call to cattle—*Perth, N. Argyll. Mull.* 2 Call to a cow or calf—*W. of Ross.* 3 Call to a calf—*Arran.*
pruidh-dhé ! *int.* Call to a cow—*Badenoch. & N. Argyll.*
pruidh-dhé bheag ! *int.* Call to a calf—*N. Argyll.*
pruidh-é ! *int.* Call to a calf—*Perth & Suth'd.* 2 (MM) Call to a cow near at hand—*Argyll.*
pruidh-seo ! *int.* Call to a calf—*Mull.*
pruigean ! *int.* Call to a cow or calf—*W. of Ross.*
pruinn, *gen.* of pronn.
pruinne, *comp.* of pronn.
pruinnean, *s.m.* Chastisement.
pruinneasdan,(MS) *s.m.* Sulphur.
pruip, *gen.sing. & n. pl.* of prop.
pruis ! *int.* Call to a cow—*Arran.*
pruisidh ! *int.* Call to a cow—*Arran.*
pruis-o ! *int.* see pruidh-seo !
prunaistean, *Glendale* for pronnusg.
prunnan,** *s.m.* Fardel.
prui-seog ! (AH) *int.* Call to a horse—*N. Argyll.*
pru-siuch ! *int.* Call to a horse—*W. of Ross.*
pùbaid, see cùbait.
pùbal,** -ail, see pubull 4.
pùbull, -uill, -an, *s.m.* Tent, booth, pavilion, marquee. 2 Alcove. 3 Covering. 4§ Butter-bur or pestilence-wort, see gallan mór. Shuidhich iad am pùbuill, *they pitched their tents.*
pùbullach, -aiche, *a.* Tented, full of tents or booths. 2 Of, or like tents or booths. Magh p., *a tented field.*
pùbull-beannach, *s.m.* Butter-bur, see gallan mór.
pùc, *pr.pt.* a' pùcadh, *v.a.* Push, jostle, shove. 2* Fumble, ram, cram.
pùcadh, -aidh, *s.m.* Jostling, act of jostling, pushing, shoving. A' p—, *pr. pt.* of pùc.
pucaid, -e, -ean, *s.f.* Pimple, blotch. 2 Scab, itch. 3 see bucaid.
————each, -aiche, *a.* Pimpled, blotched. 2 Having the itch. 3 Scabbed 4 see bucaid-each.
————eachd,** *s.f.* Scabbiness. 2 Itch.
pùcail, -e, *s.f.* see pùcadh. 'S ann ort 'tha a' ph. ! *how you do push !*
†pucan, see pocan.
puc-tholl, *s.m.* Plug-hole of a boat.
pùda,* *s.* Poult.
pùdach,(DU) *s.m.* Young of any bird, except of domestic fowl (whose young is *eòin.*) F.-tunnaig, *a duckling;* p.-faoileag, *a young gull.*
pùdar, -air, *s.m* see fùdar.
pùdarach, see fùdarach.
pùdaraich, see fùdaraich.
————te, see fùdaraichte.
pùdhair,** Gaelic form of Scots pronunciation of *power.*
pudhar, -air, -an, *s.m* Mishap, loss, damage, harm, injury. 2(CR) Hurt, sore, ulcer, sup-

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

572. *Pònair-chapull.*

pònair-churaich, see pònair-chapuill.
———each, -eiche, *a.* Full of beans, like beans, of beans. Aran p., *bean-bread.*
——— -Fhrangach, *s.f.coll.* French beans.
——— -nan-each, *s.f.coll.* Horse-beans.
pònarach, see pònaireach.
ponc, -uinc, -an & -uincean, see punc. 2 (AF) Goat
poncaich, see puncaich.
poncachas, see puncachas.
poncaireachd, see puncaireachd.
pong, -uing, -an & ean, see punc.
——ach, -aiche, see puncach
——ail, see puncaid.
——aideach, see puncaideach.
——ail, -e, see puncail.
——aileachd, see puncalachd.
pongalachd, see puncalachd.
pongan, *pl.* of pong, see punc.
pongannan, *pl.* of pong, see punc.
pong-labhairt, see punc-labhairt.
pong-labhraiche, see punc-labhraiche.
ponnan (MS) *s.m.* Bunch, cluster, group, herd, parcel.
———aich, *v.a.* Herd.
†pont, *a.* Fierce, vehement. 2 Cruel.
pòr, òir, -an, *s. m.* Seed. 2 Grain, corn. 3 Crops generally (corn, potatoes, turnips, &c.) Ciamar tha 'm p. agaidh ? *how are your crops progressing ?*
Race, clan, progeny. 4 Pore of the skin. Am p. dubh, *the wicked race ;* droch ph., *bad seed;* mo phòran dùinte, *my pores stopped ;* p. nan gearr-mheann, *the race of young kids ;* p. Dhiarmaid, *the race of Dermid—the Campbells ;* p.-cochuill, p.-cochullach, *pulse.*
pòrach, -aiche, *a.* Full of seeds, grain or corn. 2 Seminal. 3 Porous.
†poraiste,** *s.f.* Parish.
———ach, -ich, *s.m.* Parishioner.
porc,** -an, *s.m.* Sow, pig. 3 Gaelic spelling of *pork.*
——an,(AF) *s.m.* Little sow, young pig.
porcanta,** *a.* Piggish, swinish. 2 Porky.
pòr-cochullach, -aiche, *a.* Leguminous as plants. see luis meiligeagach.
porc-thriath,(AF) *s.m.* Stall-fed hog.
porfaor, *s.m.* Porphyry.
pòr-neimhneach, -eiche, *a.* Venomous, poisonous, radically venomous.
pòrsan, -ain, -an, *s.m* Gaelic spelling of *portion.*
——ach,†† *a* Partial.
——aich,*v a* Portion, give a marriage portion.
†port,** *a* Fierce, vehement. 2 Cruel. 3 Severe.
port, -uirt, *pl.* -uirt & -an, *s.m.* Port, harbour. 2 Ferry, passage. 3 Strait, firth. 4**Gate. †5**Fort. †6**Garrison. †7**Bank. †8**Area of a place. †9** House. †10**Common food. †11**Door. 12(AH) Bay. Ri port, *storm-stayed;* baile puirt, *a seaport town.*
port, -uirt, *pl.* -uirt & -an, *s.m.* Tune, tune sung or played on a musical instrument. 2*Favourable opportunity. Gabh port air, *watch your opportunity ;* gabh port, *play a tune ;* port-a-beul, *a mouth-tune, "diddling "*—an accompaniment to a dance used when a musical instrument is not available.
portach,‡‡ -aiche, *a.* Full of havens.
portair, -ean, *s.m.* Porter, bearer. 2 Janitor. 3 Ferryman. 4 Porter (beer.)
———eachd, *s.f.ind.* Business of a porter, doorkeeper, janitor or ferryman. 2 ** Porterage, ferriage.
portan, -ain, -an, see partan.
portan,(AH) *s. pl.* Corners of a person's mouth. Bha 'n deoch a' tilleadh a mach aig p. a bheòil, *the drink was flowing back at the corners of his mouth*—an expression often applied to a sick or dying person.
portan-tuathal, see partan-tuathal.
portas,* -ais, -an, *s.m.* Mass-book.
port-gunna,** *s.m.* Loop-hole.
pòs, *pr.pt.* a' pòsadh, *v.a.* Marry, perform the marriage ceremony. 2 Become a married person.
pòsach,** *a.* Bridal.
———ail, -e, *a.* Marriageable.
pòsadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Marriage, wedlock. 2 Marrying, ceremony of marriage. 3 Wedding. A' p—, *pr. pt.* of pòsadh. Tha 'm p. coltach ris an t-seillean, tha mil ann 's tha gath ann, *marriage is like a bee, there's honey in it and there's a sting in it ;* toileach air do ph., *willing to marry you ;* là a' phòsaidh, *the wedding-day.*
posaid,(MS) *s.f.* Posset.
pòsaidh,** *a.* Bridal.
posaidich,(MS) *v.a.* Posset.
pòsam, *1st. pers.sing.imp.* of pòs. Let me marry. 2 (for pòsaidh mi) *fut.aff.a.* I will marry.
pòsda, *a. & past pt.* of pòs. Married, wedded, see pòste.
posda, see posta.
pòsde, *past pt.* of pòs. Married, wedded. Fear nuadh-phòste, *a newly-married man.*
pòs-gheall,* *v.n.* Betrothe.
———adh,* -aidh, *s.m.* Betrothing, betrothal. 2 Promise of marriage. A' p—, *pr.pt.* of pòs-gheall.
poslach,** -aich, *s.m.* Bunch, tuft. 2 Group.
post, *pr.pt.* a' postadh, *v.a.* Tramp, tread with the feet. P. an làthach, *tread the clay.*
post, puist, *pl.* -an, -achan & -aichean, *s. m.* Pillar. 2 Beam, rafter. 3 Post, office. 4 **Post in the army. 5†† Leaden slug.
posta, -chan, *s.m.* Letter-carrier, postman. [* *pl.* postaichean.]
postachd, *s.f.ind.* Business of the post-office. 2 Postage. 3 Letter-carrying. Cairt-ph., *a post-card.*
postadh, -aidh, *s.m.* Trampling with the feet, act of treading or trampling. A' p—, *pr.pt.* of post. In scouring woollen clothes, blankets or coarse linen, when strength of arms and manual friction are found insufficient, Highland women put them into a tub with a proper quantity of water, then, with petticoats tucked up, they commence the operation of "pŏsting," which they continue till every part of the clothes receives an effectual cleansing. When three women are employed, one commonly tramps in the middle, and the other two tramp round her.
postaichean, *pl.* of post.
postail, *a.* Post-like.
postan, -ain, -an, *s.m.*,*dim.* Little pillar or beam. 2**Little post. 3(DMy) Little narrow trough to feed lambs from during wintering, also call-

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

ed " p.-nan-uan."
postanach, -aiche, *a.* Having stout legs or supporters.
————,* -aich, *s.m.* Thick-set child just beginning to walk. 2** Person with stout legs. 2 That which has props.
pòste, *past pt.* see pòsde.
†pota, -an, *s. f.* see poit. 2 (CR) Hole from which peats have been cut—*Skye.*
†potadair, see poitear.
potair, see poitear. 2 (DMy) Man who makes himself a nuisance by always remaining indoors and so hindering the domestic duties of a house.
†————eachd, see poitearachd. 2 (DMy) Habit or act of hindering domestic duties by one's constant presence in the house.
†poth, -a, *s.m.* Bachelor.
prab, *pr pt.* a' prabadh, *v.a.* Disorder, discompose, put into disorder. 2 Spoil. 3 Ravel. 4 Entangle. 5 Hamper, cumber, perplex.
prab,* *v.* Unfit.
prab, -aib, -an, *s.m.* Rheum in the eyes.
†prab, *a.* Quick, active, " clever."
pràbach, -aiche, *a.* Disorderly, confused, out of order. 2 Shaggy. 3 Dishevelled, ravelled, not neat.
prabach, -aiche, *a.* Blear-eyed, rheum-eyed. 2 *Contemptible.
————,* *s.f.* Contemptible female.
pràbadh, -aidh, *s.m.* Confusing, act of confusing, disordering, disarranging. 2 Botching, bungling, spoiling. 3 Ravelling, tangling, entanglement. A' p—, *pr pt.* of pràb.
prabag-linn,(DU) *s.f.* Old torn net.
prabaiche,‡‡ *s.f.ind.* Lippitude.
prabair, -ean, *s.m.* Worthless fellow, one of the rabble, untidy fellow, ramscallion, contemptible fellow
pràbal see pràbar.
praban, *s.m.* Shebeen—*Skye.* 'Nuair a bha mi a' cumail p. an Cornal, *when I kept a shebeen in Cornal.*
pràbanach,** -aich, *s.m.* Comely young boy or lad.
prabar, *s.m.* Refuse of grain or seed—*Sàr-Obair.*
pràbar, *fut.pass.* of prab. Shall be entangled, as thread.
prabar, -air, -an, *s.m.* The rabble, the mob. 2* Little people. Am p. porcanta, *the swinish multitude.*
————ach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, the rabble.
————daich,* *s. f.* Smattering, slight knowledge. P. leughaidh, *a smattering of reading;* p. chunntais, *a smattering of arithmetic.*
pràbarsaich, see pràbardaich.
prabht,(CR) *s.* Trick. From Scots *prat—Perthshire.*
————ach,(AH) *a.* Flat-footed. 2 Splay-footed.
prablach,§ -aich, *s. m.* Sea-ware, tangle, see propach. 2** Thread or hair entangled. 3** Anything much entangled.
prabladh,(DMy) *s. m.* Grasping suddenly, attempting to seize.
prab-shùil, -shùla, -ean,-*s.f.* Blear-eye, rheum-eye.
————each, -eiche, *a.* Blear-eyed, having rheumy eyes.
pràbta, see pràbte.
pràbte, *past pt.* of pràb. Entangled.
prac, *s.m.ind.* Teinds, tax. A term peculiar to some of the northern districts and isles of Scotland for the vicarage dues or small tithe, being a tenth of the yearly increase of live stock, and under local usages, of certain other articles of produce, paid in kind, prior to valuation, and distinct from the large, or corn tithe. [**gen.* praic.]
pracadair, -ean, *s.m.* Collector of tithes.
————eachd, *s.f.ind.* Collection of tithes.
pràcais, -e, -ean, *s.f.* Idle talk, irrelevant language.
pracas, -ais, *s.m.* Gallimaufry, hotch-potch. 2* Dispute not easily settled. 3* Nonsensical difference.
pradhainn,* *s.f.* Press of business, urgent business, hurry, flurry. 2 Affliction.
————each,* -eiche, *a.* Pressed for time, hurried, flurried. 2**Earnest.
————eachd,** *s. f.* Earnestness, state of being in a hurry or great haste.
praghain, *s.f.* see pradhainn.
pràib, -e, *s.f.* Rabble. 2 Filth, ordure. *prov.*
praicleis, (AH) *s.f.* Lumber, rubbish, litter, odds and ends.
†praidhean, -ein, see pradhainn.
†praidhinn, -e, -ean, *s.f.* see pradhainn.
†prai-thlionneach, -eiche, *a.* see pradhainneach. 2 Afflicting.
praidseach, -eich, see proitseach.
praimh, *gen.sing.* of pramh.
praingealas,* -ais, see pracas. [* gives -ais as the *nom.*, and *s.f.*]
prainn, *gen.sing.* of prann (for pronn.)
prainnseag, -eig, -an, *s. f.* Mince collops. 2 Haggis (taigeis.)
prais, -e, *s.f.* Pot of a creel.
prais, -e, *s.f.* Brass. 2 Pot-metal. 3 (CR) Cast-iron pot—*W. of Ross-shire.* 4 Still. 5 see praiseach.
pràisbhallach, -aiche, *a.* Strong or brazen-limbed. 2**Well-fortified, as with brazen walls. 3 Strong, as a fortification.
praiseach, -eich, -eichean, *s.f.* Pot. 2 Crucible. 3 Broth. 4 Pottage, gruel. 5 see prasach. Cas na praiseich a' tighinn an uachdar, *the stump of the pot coming to the surface*—said by the landsman on seeing a porpoise tumbling! mac-na-praiseich, *whisky.*
pràiseach, -ich, *s.f.* Brass, impudence. 2 Bold or lewd woman, bawd. 3 Slut. 4 Crib, manger, see prasach. Ath-ph., *a harridan, an old whore.*
pràiseach, *a.* Brassy, made of brass. 2 Brazen-faced.
praiseach,§ -eich, -ean, *s.f.* Cabbage—*brassica.*

573. Praiseach-a'-bhalla.

574. Praiseach-bhaidhe.

————-a'-bhalla, *s.f.* Wall-kale, wall-goose-foot—*chenopodium murale.*
————-bhaidhe,§ *s.f.* Sea-kale or cabbage—*brassica oleracea.*
————-bràthar,§ *s.f.* Good King Henry, wild spinach, English mercury, mercury goose-foot—*chenopodium Bonus Henricus.* (ill. 575.)
————-féidh,§ *s.f.* Penny-cress, bastard mustard, boor's or mithridate mustard—*thlaspi*

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

putair, -ean, *s.m.* One who pushes or impels. 2 Dibble.
putaireachd, *s.f.* Pushing. 2 Dibbling.
pùtan, -ain, -an, *s.m.*,*dim.* of pùt. Young grouse, little poult. 2 (AF) Young animal. 3** Young hare.
putan, -ain, -an, *s.m.* Button. 2 Sny or toggle, see bàta, No. 1, p. 76. P.-duiru, *a sleeve button.*
putan, see pait.
putanach, -aiche, *a.* Buttoned. 2 Abounding in buttons. 3 Like a button.
putanachadh, -aidh, *s.m* Buttoning.
putanachd, *s.f.* Button-making.
putanaich, *v.a.* Button.
putanaichte, *past pt.* Buttoned.
putan gorm,‖ *s.m.* Sheep-bit, see dubhan-nan-caora.
pùtanta,** *a.* Shy, as young moor-fowl, coy.
pùtantachd,** *s.f.* Shyness, coyness.
putar, *fut.pass.* of put.
puth, *s.m.* Snort. 2 Puff. 3 Sound of a shot. 4 Syllable. A' cur puthan as a shròin, *snorting with his nose.*
puthag, -aig, -an, *s.f.*,*dim.* of puth. Little puff or explosion. 2 Porpoise, grampus.
puthaid, (Fionn) *s.f.* Recess in the wall for holding small articles 2 Ventilator in a byre wall, so called because it resembles the recess in a house wall.
puthaig,¶ *s.f.* Marsh-harrier, see clamhan-lòin.
puthar, -air, -an, *s.m.* Harm hurt. 2 Wound, scar. 3 Sore, cause of sorrow. 4 Suppurating sore. Gaelic spelling of Scots pronunciation of *power.*
'S tha 'eunlaith fo phuthar 'an dubhar a chruachan—*Cruachan Beann, Filidh. n. 60.*
puthnarachadh, -aidh, see pudharachadh.
putog (MS) *s.f.* Paddock.
†putrail -aill, -an, *s.m.* Lock of hair.

R r

r, (ruis, *elder-tree,*) the fifteenth letter of the Gaelic alphabet. It generally sounds like *r* in *raw, more ;* as rach, *go ;* mór, *great.* If in the same syllable *r* be preceded or followed by a small vowel (*e* or *i*, or both,) it has a sound to which there is none quite similar in English,but it resembles that of the French *r* in prairie, *a meadow ;* as in airidh,*worthy;* fir, *men.*
'r, *cont.* for ar, Our.
'r, *cont.* for bhur or 'ur, **Your.**
r', *cont.* for ri, *prep.*
rà, *cont.* for ràdh.
rà, -than, *s.m.* see ràth.
ra, *adv.* see ro.
rà, *s.m.* Going, moving, *prov.*
ràbach, -aiche, *a.* Litigious, quarrelsome. 2** Plentiful, fruitful.
ràbachas, -ais, *s.m.* Litigiousness, quarrelsomeness. 2** Plentifulness, fruitfulness. Fear ràbachais, *a litigious fellow.*
rabaid, Gaelic spelling of *rabbit.* **Cuilean r.,** *a young rabbit.*
———each, *a.* Abounding in rabbits. 2 Like a rabbit.
ràbair, -ean, *s.m.* Litigious, troublesome, tiresome person. 2††Roarer. 3 Wrangler. Cha'n 'eil ann ach r. òglaich, *he is but a wrangler of a fellow.*
———each, *a.* see ràbach.
———eachd, *s.f.* see ràbachas. 2†† Roaring 3 Wrangling.
ràbal,** -ail, *s.m.* Noise, bustle.
———ach, *a.* Noisy, bustling.
———aond, *s.f.* Noisiness, continued noise, continued bustle.
rabh,* *v.a.* Warn, guard.
rabh, see robh.
rabhacair,* -ean, *s.m.* Nonsensical rhapsodist. 2 Haranguer, proser. see rabhdair.
rabhacaireachd * *s.f.* Rhapsody, prosing, haranguing,talking nonsense. see rabhdaireachd.
rabhach, -aiche, *a.* see rabhachail.
rabhachail, -e, *a.* Warning, admonitory, giving a caution or hint, hinting.
rabhach,** *a.* Admonitory.
rabhachan, -ain, -an, *s.m.* Warning. 2 Beacon. 3 Advertiser.
†**rabhad,** -aid, *s.m.* Precedent, example.
rabhadair,* -ean, *s.m.* Spy, scout. 2 see rabhachan. 3‡‡Citer. †4 see robh.
rabhadh, -aidh, *s.m.* Warning, alarm, hue and cry. 2** Advice, instruction. 3 Advertisement. 4 Example, precedent. 5 Caution, hint. 6 (MS) Memento. Thoir r. dha, *inform him, give him a hint ;* rabhadh eaglais, *an ecclesiastical edict ;* a' faghail rabhaidh, *receiving instruction.*
ràbhag, (DU) *s.f.* Person full of fun, or fond of practical joking.
rabhagach,‖ -aich, *s.f.* White water-lily, see duilleag-bhàite-bhàn. 2†† Weeds growing at the bottom of water.
rabhaic, *Arran & Islay* for raoic.
rabhaidh,* *v.a.* Advertize.
rabhail,* -e, *s.f.* Rhapsody delivered in a drawling manner. 2 Mad saying. 3 Drawling manner or gait.
rabhail,** *a* Admonitory.
rabhairt,* *s.f.* see reothart.
rabhan, *Arran* for ràbhan.
ràbhan, -ain, -an, *s.m.* Rhapsody, long and tedious repetition, rigmarole.
†**rabhan,** -ain, -an, *s.m.* Spade.
rabhan, (CR) *s.m.* Kind of grass that grows in still water, which sheep often wade in to eat and are drowned. It is sometimes cut for fodder. rabhann in *W. of Ross.* Pronounced *rafan* in *Raasay Country & heights of Kildonan.*
rabhan, *s.m.* Remains of spate or tide on the shore—*Suth'd.*
ràbhanach, -aiche, *a.* Rhapsodical, tedious. 2 **Haranguing.
ràbhanach, -aich, *s.m.* Rhapsodist, tedious story teller. 2**Haranguer.
ràbhanachd, *s.f.* Rhapsody, harangue.
rabhanaiche,** *s.m.* see rabhanair.
rabhanair,** -ean, *s.m.* Rhapsodist. 2 Haranguer. 3 Proser.
rabhann, (CR) *s.m.* Grass or reed that grows in pools and is cut for fodder. It has many large joints which burst when dry, and white roots —*Strathconan.* 2 Water-lily—*W. of Ross-shire.* 3 Plant with leaves branching alternately on each side of the leaf-stem and floating on the water—*W. of Ross-shire.*
rabhart,** -airt, *s.m.* Upbraiding. 2 Senseless talk.
ràbhart, -airt, *s.m.* (AH) Fun, pleasantry. 2 see rabhd.
———ach, -aiche, *a.* see rabhanach.
†**rabhartha,** *a.* Overrunning.
rabhd, -a, -an, *s.m.* Idle or nonsensical talk. 2 Coarse, tiresome language, vapouring, tedious harangue, boast. 3 Idle talker. 4 Rant.
rabhdach, -aiche, *a.* Talking idly, given to idle talk, haranguing. 2 Using coarse or unbecom-

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

ing language.
rabhdadh, see rabhd.
rabhdair, -ean, *s.m.* Idle, tiresome talker, boaster, gossip, prater, rhapsodist, vapourer. 2** Bully. 3 One who uses coarse or unbecoming language. 4††Fabulist. 5 Ranter.
———eachd, *s.f.ind.* Habit of talking idly, coarsely or tiresomely, rhapsody, prosing, haranguing, verbosity, vapouring, gossiping
rabhdal, -ail, *s.m.* Coarse jesting, *prov.* 2 Prosing.
———ach, -aiche, *a.* Coarsely or vulgarly sportive.
rabhdarach, -aiche, see rabhdalach.
rabhlaidh, -aidh, *s.m.* see rabhdal 2 Boasting.
rabhoil, see rabhail.
ràc, -àic, -an, *s.m* Rake. 2 Ring keeping the yard to the mast, traveller, see bàta, 24, p. 76 [‡ gives *rac* for No 2.]
ràc, -àic, -an, *s.m.* Drake.—**North.* 2 Discordant, disgusting music—**West.*
ràc, *s.m.* Crash, prolonged crash. 2 Prattling. 3 Gushing 4 Shedding, as tears. 5 Croaking noise, as of crows.
†rac, *s.m.* King, prince. 2**Bag, pouch.
rac, *v.a. & n., & s.* see srac.
rac, *pr.pt.* a' racadh. *v.a & n* Rake, harrow. 2 Quack, as ducks or geese. 3 Make a crashing noise. 4 Croak 5 Rehearse, repeat.
ràcach, aiche, *a.* see ràcanach. 2 Crashing noisy. 3 Abounding in or belonging to, drakes.
ràcadal, -ail, *s.m* Horse-radish. 2**Wild radish. [‡ gives racadal.]
———ach, -aiche, *a.* Abounding in horse-radish
ràcadh, -aidh, -aidh, *s.m.* Raking, harrowing, act of raking or harrowing. 2 Quacking of ducks or geese. 3 Crashing noise. 4 Noise made by the tearing of cloth. (sracadh.) A' r—, *pr.pt.* of ràc.
racadh, -aidh, *s.m.* see sracadh. A' r—, *pr.pt.* of rac.
racaid, -e, -ean, *s.f.* Noise, disturbance. 2 Continual crashing noise. 3 Discordant voice, croaking. 4 Racket. 5*Drawling female. 6 Strong blow. Thug mi r. dha 'sa chluais, *I gave him a hard box on the ear.*
racaideach,†† -aiche, *a.* Bustling, noisy.
ràcail, *s.f.* Quacking, as of ducks or geese. 2 Continued crashing noise. 3 Discordant voice.
ràcain, *gen.sing. & n.pl.* of ràcan.
ràcair, -ean, *s.m.* Lying, talkative fellow, romancer. 2 Impertinent prattler. 3 Rehearser. 4 Raker. 5 One having a harsh or discordant voice. 6* Drawling, croaking orator or piper. 7* Croaker of a preacher. 8 Loud talker. 9 Talkative, lying person.
——eachd, *s.f.* Habit of lying, romance. 2 Impertinent loquacity, verbiage, rehearsing. 3 Discordance of voice, oratory or music, croaking. 4 Raking.
ràcan, -ain, -an, *s.m.* Rake 2 Instrument for breaking clods and used as a harrow. In the *W. Isles*, it consists of a block of wood with a few teeth, and is used in such places as will not admit of the use of a harrow. It is commonly tied to the horse's tail, but not unfrequently it is dragged along the surface by women and boys. In *W. Ross-shire* it is applied to a short heavy rake with a head over 2 in. in thickness and a handle under 4 ft. in length. With it the seed is covered, clods are broken, and potato ground, before the tops come through, is raked or harrowed to keep down weeds—CR. 3 Noise, croaking noise. 4 Crash. 5 Bandy or crooked stick. 6 Mischief, evil, wickedness. 7 Bowling 8 Riot, noise. 9 Provincial denomination of arable land (ceann-racain.) Nach ann annad ' tha 'n r. ! *how mischievous you are!—Arran.* [*racan* not *ràcan* in *Arran*.]
ràcan, *pl.* of rac. Rakes, harrows.
———ach, -aich, *s.m* Mischievous person.
———ach, -aiche, *a.* Of, belonging to or furnished with rakes or hand-harrows. 2 Crashing, 3**Croaking 4**Prating 5**Dissonant.
racan-arbhair,(Fionn) *s.m.* Corn-craik.
rac-an-fheòir,(CR) *s.m.* Corn-craik.
racanta,** *a.* Clashing, noisy. 2 Croaking. 3 Loquacious.
racas, -ais, *s.m* Sail-hoop *prov.*
rach, for rachadh (would go)
rach, *def. v.* Go, proceed, move, travel, walk.
Active Voice—
IND. *past*, chaidh mi, &c., *I, &c. went.*
,, *fut.* théid mi, &c., *I, &c. will go.*
[Although commonly given by grammars as the future tense of rach, *théid* is quite a different word.]
INTERROG. & NEG. *past*, (an ? nach ? cha) deach *or* deachaidh mi, &c.
,, ,, ,, *fut.* (an ? nach ? cha) téid mi, &c.
SUBJUNCT. *past*, (ged) rachainn, (*though*) *I would go*; (ged) rachadh tu, e, i, (*though*) *thou wouldest go, he, she would go*; (ged) rachamaid, (*though*) *we would go*; (ged) rachadh sibh, iad, (*though*) *you, they, would go.*
,, *fut.* (ma) théid mi, &c., (*if*) *I, &c. shall go.*
IMPER. *1st. per.sing.* racham, *let me go.*
INFIN. a dhol, *to go.*
PRES. PART. a' dol, *going.*
Used Impersonally thus—
IMPER. rachar, theirigear, na rachar.
IND. *past*, deachas, chaidheas, an deachas ? cha deachas.
,, *fut.* téidear, théidear, an téidear ? cha téidear.
Am fear a théid lideag am mearachd, *the man who goes a syllable, letter, least bit, wrong;* chaidh làithean na seachduin iomrall orra, *they got confused about (lost count of) the days of the week;* chaidh a' chùis 'sa mhuileann orm, *I became hopelesely puzzled over the matter;* chaidh thu gu Dun-bheagain orm, *you went to the extreme with me*—lit. *to Dunvegan*, a Lochaber saying—N.G.P.; chaidh mi 'nam cheò, 'nam bhreislich, *I became mystified, muddled;* chaidh mi bho obair, bho rath, bho fheum, *I have become very useless;* chaidh mo thoirt as mo ghabhail, *I have been disappointed of my original intention;* chaidh mi thar mo shiubhail, thar mo sgeòil, *I have deviated from, lost, my road, my story;* chaidh sinn thar a chéile, *we quarrelled, fell foul of each other;* chaidh mi am feirg choimhich, *I became transported with rage;* chaidh iad gu bròn 's gu briseadh-cridhe, *they gave way to mourning and heart-grieving;* chaidh mi a ris gu m' smuaintean, *I reconsidered things, reviewed matters again;* chaidh e gu mór bho 'aire féin, *he was so distraught as to be hardly himself;* chaidh am bàta air chrith, *the boat began to quiver;* cha teach sin gu math dhaibh, *that did not suit them at all, it upset them;* ciamar a chaidh dhuit ? *how did you manage, get on, how did things turn out for you*; rach air t' aghaidh, *or* rach air aghart, *proceed;* ma 's tu a th' ann, is tu chaidh as, *if that be you, you have sadly altered, you are merely the shadow of your former self;* chaidh e as orm, *he*

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

escaped from me, evaded me ; chaidh an teine as orm *the fire I kindled* (or *was tending*) *went out ;* chaidh as daibh, *they died, were killed, their influence ceased ,* cha téid anam á mac bodaich le mùiseig, *threats will not kill a churl's son ;* is mairg a rachadh to do mheachannas, *pity him who would trust to your discretion or mercies ;* chaidh Righ Lochlainn am meinn na Féinne, *the king of Lochlann begged the clemency of the Fingalians ,* chaidh mi an dail, an ceann, an seilbh no an tarruing na h-oibre, *or* chaidh mi an sàs anns an obair, *I set about the work ,* chaidh agam air, *I managed it, accomplished it ,* or *I prevailed over him ,* cha téid gad air geailadh, *you cannot bind a promise with a withy ;* cha téid fiach air beul duinte, *a closed mouth does not run into debt ;* cha téid plàsd air bagairt, *a threat needs no plaster ,* chaidh a' bhròg oirre mu a cois, *the shoe fitted her foot, slipped on to it ;* chaidh na geinneagan air a' chota, *the buttons were attached to the coat ;* chaidh eòin an geall caithream, *the birds began chorusing ;* na h-igheanan is bòidhche 'théid air ùrlar, *the lasses who dance most elegantly ;* an nighean a's deise 'théid fo 'n éideadh, *the girl who dresses most tastefully ;* an là théid clò ùr air faiche, *the day the new cloth or dress is sported in public ;* théid iad air faoigh, *they will go on a genteel begging expedition ;* théid iad air a' bhannaig, *they will go on a bannock-begging Christmas round ;* théid iad air an déirc, *they will go begging for alms ;* théid iad air chéilidh chuige, *they will go on a visit to him ;* théid iad 'nan deannaibh, *they will go, running furiously ;* rachaibh dhachaidh, *go (ye) home ,* théid sinn dhachaidh, *we will go home ;* na téirig dhachaidh, *don't go home ;* chaidh sinn dhachaidh, *we went home ;* an deachaidh e dhachaidh ? *did he go home ?*

rachadh, *past subj.* of rach. Would go. 2 *2nd. & 3rd per. sing. & pl. imp.* of rach. R. e, *let him go.*

†rachail, *s.f.* Winding-sheet.

rachainn, *1st. per. sing. past subj.* of rach. I would go.

†rachall, -aill, *s.m.* Winding-sheet.

racham, *1st. per. sing. imp.* of rach. Let me go.

rachamaid, *1st. per. pl. past subj.* of rach. We would go. 2 *1st. per pl.* of rach. Let us go.

rachar, *used impersonally.* Rachar suas leo, *they ascended.*

rachd, *s.f.ind.* see reachd. [‡ gives *rachd.*]

ràchd, *s.m. & v.* see ràc.

rachd, -an, see reachd.

rachdadh, see ràcadh.

rachdaid, see racaid.

ràchdail, see ràcail.

ràchdair, see ràcair.

ràchdan, see ràcan.

rachdan, -ain, -an, *s.m.* Tartan plaid worn in the shape of a mantle or cloak.

rachdmhor, -oire, *a.* see reachdmhor.

————achd, see reachdmhorachd.

rache,(AF) *(?* raitche) *s.* Scent-hound.

†racholl, -oill, -an, *s.m.* Winding-sheet.

rac-mhara,(AF) *s.* Salmon.

rac-mhaighreadh,(AF) *s.* Salmon.

racuis, -e, -ean, *s.f.* Rack. 2 Toasting apparatus.

ràd, -àid, -an, see ròd.

†rad, -a, *a.* Ready, furnished.

radaidh, *a.* Dark, sallow. Duine r., dorcha, *a sallow-complexioned man.* (also rodaidh)

radaireal,** -eil, *s.m.* see rodaireal.

radan, -ain, -an, *s.m.* Rat. 2 Cunning person. R. Armeniach, *an ermine.*

ràdan, *n.pl.* of ràd

radanach, -aiche, *a.* Abounding in rats. 2 Like a rat.

ràdanach, -aiche, *a.* Not affectionate, distant. 2 Dissembling, uncandid.

radan-dubh, *s.m.* Black rat.

radan-ùir, (AF) *s.m.* Mole.

radan-uisge, *s.m.* Craber, water-rat.

ràdh, *s m.* Saying, act of saying, affirming, or expressing 2 Word, saying, adage, proverb 3 Noise. 4* Assertion. 5 Speech. Ag r—, *pr. pt.* of abair. Tha 'n r. ud fìor, *that saying is true ;* tha mi 'g r., *I say.*

radh, *s* Settled intention—*Suth'd.* Tha mi air r. seo a dheanamh, *I intend doing this.*

†ràdh, *past aff.* of abair. Do r. e gach uair, *he said each time.*

radhad, -aid, -an, see rathad.

radhadh, -aidh, -aidhean, see rabhadh & roghainn.

ràdhainn, *prov.* for ràdh.

radhaircin, see raghaircin.

radhar, see raghar.

radharc, -airc, *s.m.* Sight, power of vision. 2 View, prospect. 3 Pupil of the eye—*Lewis.* R. mo dhà rosg, *the sight of my two eyes.* [also fradharc.]

————ach, -aiche, *a.* Seeing, having the faculty of sight. 2 Commanding a good or extensive prospect. 3** Observant. 4** Conferring the faculty of sight.

radmuinn,(AF) *s.* Fox.

rafan, see rabhan.

rag, -aige, *a.* Stiff, rigid, not pliable. 2 Stiff, benumbed. 3 Obstinate, pertinacious. 4 Inflexible, inexorable. 5 Unwilling, disinclined. 6** Tight, as a rope. 7** Tough. 8** Dim. 9 Asinine.

rag, *pr.pt.* a' ragadh, *v.a.* Become stiff or distended to stiffness. 2 Be benumbed.

rag, -a, -achan, *s.m.* Starch. 2 Wrinkle. 3 see luideag. 4 Term of personal contempt. 5 Shabby fellow.

ragach, -aiche, *a.* Wrinkled. 2** Tough, stiff, obstinate. 3 see luideagach.

ragachadh, -aidh, *s.m.* Act of stiffening or making stiff. 2 State of becoming stiff or rigid, 3 Toughening, tightening as a rope. 4** Wrinkling.

ragachail, -e, *a.* Inclining to stiffness, having a tendency to, or causing stiffness, toughness or tightness.

ragadair, -ean, *s.m.* Stretcher. 2 (DMy) Ragman.

ragadh, -aidh, *s.m.* Growing or becoming stiff.

ragaich, *pr.pt.* a' ragachadh, *v.a. & n.* Stiffen, make stiff. 2 Become stiff or rigid. 3 Curdle, congeal. 3 Toughen, tighten, or stretch, as a rope. 4 Become tight, as a rope. 5 Condensate.

————te, *past pt.* of ragaich. Stiffened, become stiff, tightened, stretched, toughened.

ragaim, *s.f.* Sneezewort (meacan ragaim.)

ragair, -ean, *s.m.* Extortioner. 2 Violent man. 3 Villain, rogue, deceiver. 4** Instrument for tightening a rope. 5** Person with a wrinkled face.

ragaireach, -eiche, *a.* Violent, using violence, oppressive. 2 Roguish, villainous. 3 Deceiving, deceitful. 4** Extortive.

ragaireachd, *s.f.ind.* Violence, practice of violence. 2 Extortion, oppression. 3 Roguery, villainy. 4 Deceit, deceitfulness. 5 Clamminess.

rag-bhalach,‡‡ -aich, *s.m.* Lubber.

rag-bharalach,†‡ -aiche, *a.* Opinionative,

————d,‡‡ *s.f.* Positiveness.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

rag bheart, -bheirt, -an, *s m.* Obstinacy. 2 Villainous, mischievous or wicked deed. 3 Forced work.
————ach, -aiche, *a.* Obstinate, perverse, headstrong. 2 Committing mischievous or villainous deeds.
————achd, *s.f ind.* Perverseness, obstinacy. 2 Mischief. 3 Wickedness.
————as, -ais, -ais, *s.m.* Same meanings as rag-bheartachd.
ràgh,* *s.m.* Row, rank. (*Scots*, raw=row, rank.) 2 Raft of wood. R. shaighdearan, *a rank of soldiers*
ragha, see roghainn.
raghadh, -aidh, see roghainn.
raghaidh,(CR) *s.* Warning—*W of Ross* for raghadh. (*pron.* răo'i.)
raghain, see roghainn.
raghaircin, *s m.* Eyebright (plant.)
raghan, -ain, -an, *s.m.* Churchyard.
raghar, -air, -an, *s.m.* Arable land not in tillage 2 *sometimes* Grazing ground enclosed between the arable land and the open moor *Perthshire.*
rag-bheirteach,(MS) *a.* Mad-brained.
rag-mheirleach, -ich, *s.m.* Arrant thief.
rag mhuinealach, -aiche, *a.* Stiff-necked, stubborn, headstrong, perverse.
————————d, *s f ind.* Contumacy, stiff-neckedness, obstinacy, stubbornness, perverseness. 2 Depravity.
rag-mhuinealas, -ais, *s. m.* see rag-mhuinealachd.
rag-roth,** *s.m.* Torturing wheel.
rag-sheallach, -aiche, *a* Stiff looking, awkward, unbecoming.
rag-shùil, -shùla, -shùilean, *s.f.* Dim eye.
————each,** *a.* Dim-eyed.
†raib, *s.f.* Turnip. 2 Rope.
raibeach,** *a.* Loose.
†raibh, see robh. (Irish form.)



587. *Raibhe.*

raibhe,§ *s.f.* Radish.—*raphanus.*
raibheic,* see raoic.
————eil, *s.f.* see raoiceadh.
raibleachan,** -ain, *s m* Scullion.
ràic, -e, *s. f.* Impertinence, impudence 2 Idle prattling. 3 Gibberish. 4 Boastfulness.
——ealachd, *s.f.ind.* Habit of talking idly. 2 see raic.
——eil, -e, *a.* Impertinent. 2 Troublesome. 3 Given to idle talk.
ràichd, -e, see raic.
†raicneach, -ich, *s.f.* Queen.
ràid, *gen.sing.* of rad.
ràide,** *s.f.* Cunning, slyness. Luchd ràide, *cunning people.*
ràideachas,** -ais, *s.m.* Boastful speech, arrogant language, arrogance, pride. 2 Saying. 3 Report. 4 Trial of skill.
raideag,** -eig, *s f.* Myrtle.
ràidealach,** *a* Cunning, sly, insidious.
†ràidealachd, *s.f.ind.* Invention, readiness in devising plans. 2 Cunning, slyness, artfulness.
ràidheil, -e, *a.* Inventive. 2 Sagacious. 3 Cunning, crafty, sly.
†ràidh, *v a.* Threaten, menace. 2 Appeal, look.
†raidh, *s.f.* Radius.
ràidh, -e, -ean, *s.f.* Arbitration. 2 Decision. 3 Appeal, entreaty. 4 Threat, threatening. 5 Umpire. 6 Good will. 7 Competition. Leig gu ràdh nan daoine seo e, *submit it to the arbitration of these men*; tha mise, a dhaoin' uaisle, a' leigeil a' ghnothaich seo g' 'ur ràidhse, *I appeal to you gentlemen, in this matter*; fear-ràidhe, *an arbitrator*; a' raidh air a chéile, *competing with each other*, thoir r., *threaten.* [** gives *s.m.* for Nos. 1 2 & 3.]
ràidh,** *s.m,* Judge.
ràidh, -ean, *s.m.* Rank, as of soldiers (ragh.) 2 Speech. 3 Entreaty. 4 Intercession. 5 see ràith.
ràidh,(CR) *s.f.* Boasting, brag, vain-glory Tha pailteas r. ann, *he is much given to boasting—W. of Ross-shire.*
ràidh, -e, -ean, *s.f.* [McL & D gives *m.*] Quarter (of a year.)
ràidhe, *s.f.ind.* Umpirage, arbitration. 2**Arbiter.
——ach,** *a.* Prone to threat, threatful. 2 Appealing.
——achd,** *s.f.ind.* Habit of threatening, minaciousness. 2 Circumstance of appealing.
raidhean,** ein, *s.m.* Crowd, rabble.
raidhean, -ein, *s.m.* Quarterly, as a paper or magazine.
ràidheil,* -e, *a.* Challenging, fond of challenging 2 Boasting.
ràidheil, -e, *a.* Quarterly.
raidhir, see raoir.
raidhin, *s.* Rheum.
†raidhimheas, -eis, -an, *s.m.* Dream 2 Romance. 3**Cubit.
†————ach, -aiche, *a.* Romantic, fabulous, gasconading.
†raidhreach, -eich, -ean, *s.m.* Prayer, petition, request.
ràidhteach, -eiche, *a.* see ràiteach.
raidse, -an, *s.m.* Prating fellow, idle talker. 2 **Verbiage.
——ach, -aiche, *a.* Prattling, garrulous, prating, verbose. *prov.*
——ach,* -eich, *s.f.* Chief witch.
——achas, -ais, *s. m.* Habit of prating, idle talk, verbiage. 2 Witchery, enchantment.
raidis,** -ean, *s.f.* Gaelic spelling of *radish.*
raige, *s.f.ind.* Stiffness. 2 Obstinacy.
raige, *comp.* of *a.* rag.
raigead, -eid, *s.m.* Degree of stiffness or obstinacy. 2 Tightness, toughness, tenseness. Is r. an còrd an tarruing sin, *that pull has made the cord tighter.*
raigealachd,** *s.f.* Impetuosity.
raigealtach, (CR) *s. m.* Rascal. 2 Rollicking fellow—*Perthshire.*
raigeann,(DC) *s.m.* Obstinacy, stiffneckedness. —*Uist.* 2(MS) Slowness. 3 Harshness.
†raigh, *s.f.* Frenzy.
raighe, *s.f.* see ruighe. 2 Rank or file of soldiers (ragh.)
raigheil,** *a.* Frantic.
raigionn,(DC) see raigeann.
raigle, *s.f.* see réilig.
——ar,** -eir, *s m.* Ragged, untidy person.
raigneachadh,* -aidh, *s.m.* Stiffening, benumb-

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

ed. A' r—, *pr.pt* of raignich. Tha mo làmhan air raigneachadh, *my hands are benumbed.*
raignich,* *v.a.* Stiffen. 2 Benumb.
rail,§ *s.* Oak, see darach.
railidh,§ *s.* Oak, see darach.
railig, see réilig.
railleach,(AF) *s* Redshank.
raillidh,** *s f* Fight, fray *(rally.)* 2 (AH) Boisterous fun or sport
ràimh, *gen. sing & n.pl.* of ramh.
†raimh, *s.f.* Brimstone.
raimhdeas,** -eis, *s.m.* Fatness, greasiness.
raimhe, see reamhra.
raimhead,* see reamhrad.
raimhre, see reamhra.
raimigil, -e, *s.f.* Confusion, *prov.*
raimisg,* *s.f.* Coarse, vulgar person.
rain, *gen.sing.* of rán.
ràin, see ran. 2 *contr.* of ràinig.
rainche,(AF) *s.m.* Fox.
raineach, -nich, *s.f.* Fern, brake—*filix fœmina vulgaris.* Goisean rainich, *a tuft of fern.*
———ail, -e, *a.* Abounding in fern, ferny. 2 Like fern.
——— -an-fhàile,§ *s.f.* Sweet mountain fern, see crim-raineach.

588. Raineach-Beinn-Ghobhrdaidh.

——— Bheinn Ghobhrdaidh,§ *s.f.* Mountain bladder-fern—*cystopteris montana.* [Found wild only on Ben Gourdie.—§]

589. Raineach chruaidh.

——— chruaidh,§ *s. f.* The hard fern—*blechnum spicant.* [Preceded by the art. *an.*]
——— -chuilinn, -ich-c-, *s.f.* Holly fern—*polystichum lonchitis.*—*Lorn, &c.* [colg-raineach in *Breadalbane.*]

590. Raineach -chuilionn.



591. Raineach-Muire.

raineach-mhara,§-ich-m-, *s.f.* The sea-fern (kind of sea-weed.)—*halydris siliquosa*—*Skye.*
——— -mhór,§ -ich-móire, *s.f.* Common brake fern—*pteris aquilina.* [Preceded by the art. *an.*]
——— -Muire,§ -ich-M-, *s.f.* The lady-fern—*athyrium filix fœmina.* [** gives Common male fern—*filix major vulgaris.*
——— -na-màra,‖ *s.f.* Sea-fern—*asplenium marinum.*
——— -nan-creag,§ *s.f.* Polypody, see clach-raineach.



592. Raineach-na-mara.

593. Raineach-nan-radan.

raineach-nan-radan,§ -ich-, *s.f. lastrea spinulosa* and the allied species *dilatata* and *fœnisecii.* (ill. 593 is fœnisecii.)
——— -reangach,-ich-,*s.f.* see r.-rioghail, (called " reangach " from its wand-like stalks.)
——— -rìoghail,§ -ich-, *s.f.* The royal fern—*osmunda regalis.* (ill. 595.)
——— -uaine,§ -ich-, *s.f.* The green fern—*asplenium adiantum nigrum.* (ill. 596.)
raineas,** -eis, *s.m.* Romance, fable.
ràineas, see ràinig. R. tìr nam fionan trom, *I reached the land of vines heavy (with grapes.)*

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

[An inflection preserved chiefly in the *North.*]



594. *Raineach-nan-radan* (dilatata.)



595. *Raineach-rioghail.*

596. *Raineach-uaine.*

raing,(DMK) *s. f.* Ring of meal that forms around the edge of the upper mill-stone when the mill is grinding—*Caithness.* [*reached.*

ràinig, *past ind.* of ruig. R. sinn, *we arrived,*

ràinigeadh, *past. ind. pass.* of ruig. R e., *it was reached.*

rainn, *gen. & pl.* of rann. 2 see roinn.

rainn-an-uisge,** *s.m.* Eyebright.

†rainne-rùisg, *s.f.* Eyebright.

rainn-mhill,** *v.a.* Abolish, abrogate.

rainnsich,** *v.a.* Arrange, put in rows or ranks.

———-———ean, *s.pl.* Ranges, rows, ranks.

———-—te, *past pt.* of rainnsich. Arranged.

rainnt, Gaelic form of *rent.—Suth'd.*

rainnte,** *a.* Articulate.

rain-sgrios,** *v.a.* Abolish.

rain -e, *s.f.* Filth. 2 Foul mouth. *prov.* 3* Debauchery.

raipeach,†† *a.* Filthy. 2 Foul-mouthed.

raipeas, -eis, see rain.

raipleach, -eich, -an, *s.f.* Filthy or slovenly woman.

raipleachag, -aig, -ag, *s.f.,dim.* of raipleach. Little squalid woman.

raipleachan,** **-ain,** *s.m.* Scullion.

rair, see (an) ra ir.

frais, *s. f.* Path, way. 2 (DMy) Play. R. a' chuiloin ris an t-seann chù, *the puppy's play with the old dog.*

raisean, -ein, -an, *s.m.* Goat's tail, *prov.* 2 (AF) Goat. 3 (AF) Tousy-headed child. [*gives ràisinn for No. 1.]

rais-mhaol, see ras.

raitche,(AF) *s f.* Bitch, female dog.

ràite, -an, *s.f.* Saying, word. 2 Aphorism, proverb, adage. 3**Idle conversation, gibberish, verbiage. 4 Arrogant language,boasting. 5 One who talks idly.

ràiteach, -eiche, *a.* Verbose, sententious. 2 Boasting. 3**Fluent. Mór r., *babbling* ; beag r., *taciturn, quiet.*

ràiteach, -ich, *s.m.* Desultory prater.

———ail, -e, *a.* Boasting, vain-glorious, arrogant, challenging. Daoine r., *boasters.*

———as, -ais, *s.m.* Boasting, vain-glory, ostentation, pride, arrogance, bluster. 2 Saying, speech. 3 Competition, contest, emulation. 4 Lie, report, idle surmise. 5*Trial of strength. A' r. air a chéile, *competing, emulating each other* ; a ràiteachais, *his lies.*

———d, *s. f.* Same meanings as ràiteachas. Luchd-r., *idle talkers.*

ràitealachd (MS) *s.f.* Arrogation.

ràitean,** **-ein,** *s.m.* Pleasure.

raiteanas, -ais, see ràiteachas.

ràith, see ràidh.

ràith, *v.* Threaten. 2 (CR) Scold—*Perth-shire.* R e air, *he scolded him.*

raith,§ **-e, -ean,** *s. f.* Common brake, see an raineach mhór.

ràith-dorch, *s.m.* see **ràth-dorcha.**

ràithe, see ràidhe.

——— ach, see ràidheach.

——— achd, see ràidheachd.

ràitheil, -e, *a.* see ràidheil.

raithne, *s.f.* see raineach.

raithneach, -ich, see raineach.

ràitinn, see ràdh.

ràitse,** *s.f.* Idle conversation, boasting. 2 Desultory prater.

raitseach,(CR) *s.f.* Strong and lazy young woman—*W. of Ross-shire.*

ralls,* *v.a.* see ràc.

rallsa,* *s.m.* see ràcan.

rallsadh,* **-aidh, -aidh,** see ràcadh.

ramachdair, -ean, *s.m.* Coarse, vulgar fellow. 2 Romping, noisy fellow.

———eachd, *s.f.ind.* Coarse play,romping.

ramachdas, -ais, *s.m.* Coarseness.

ramair,* **-ean,** *s.m.* Romp. 2 Blockhead. 3* Vulgar coarse fellow.

———eachd,* see ramachdaireachd.

ramaisceil,(CR) *a.* Romping, noisy—*Arran.*

ramalair, -ean, *s.m.* ‡Rambler. 2 see ramachdair

ramallag,* **-aig, -an,** *s.f.* Puddle.

ramas,** *s.m.* Rhyme. 2 Romance.

———ach,** *a.* Romantic, fabulous.

ramasg, -aisg, *s.m.* Sea-oak, a kind of seaweed. *Scots,* tangle.

ràmh, -àimh, -an, *s. m.* Oar. 2**Tree. 3** Branch. 4**Wood. Talamh nan r., *the country of woods.*

PARTS OF AN OAR :—

1 Cnotan, *box,* placed on the oar to protect it from wear. Clàdan—(AH) *cleat.*

2 Dorn, *handle* or *grip.* Doirneag, dorn-chur.

3 Luan, part between the handle and box.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

4 Seasgadh, part between the box and feather 5 Liagh, *feather, blade.*

ramh,§ *s.* The family of plants known as *rhamnaceæ*—individually *rhamnus.*

ràmh,** *v.a.* Row a boat.

ràmhach, -aiche, *a.* Oared. 2 Woody. 3 Branchy.

ràmhach, -aich, *s.m.* Raft. 2 Boat propelled by oars. 3 Galley. 4 Set of oars 5**Rowing 6 ** Rowing-match. Sè-ràmhach, *a six-oared boat.*

ràmhachadh, -aidh, *s.m.* Rowing, act of rowing. 2 Furnishing with oars. 3 Branching. A' r—, *pr.pt.* of ramhaich.

ràmhachd, *s.f.ind.* Rowing, pulling. 2 Branching. 3**Oar-making.

ràmhadair, -ean, *s.m.* Oar-maker. 2 Rower. 3 *rarely* Traveller.

ràmhadaireachd,** *s.f* Oar-making. 2 Rowing.

ràmhadh, -aidh, *s.m.* Rowing. Air a r., *rowed.*

ràmhag,(CR) *s.f.* Root. Cha'n 'eil sion ach an r. ann, *it is all but dead*—used of animals but not of human beings—*W. of Ross.* [Used of persons also in *Gairloch*—DU.] (freamhag)

ràmhaich, *v.a.* Row (iomair.) 2**Supply with oars. 3**Man with oars.

ràmhaiche, -an, *s.m.* Rower, oarsman.

ràmhaichte, *a. & past pt.* of ràmhaich. Furnished with oars. 2 Impelled by oars, rowed.

ràmhair, -ean, *s.m.* Rower.

————eachd, *s.f.ind.* Rowing, employment of rowing. 2 Oar-making.

ràmhan, *n.pl.* of ramh.

ramhan, *Perthshire* for ràbhan.

ramhar, -mhra, see reamhar.

ràmh-bràghad (AH) *s.f.* Forward, or pilot oar.

ràmh-deiridh, *s.m.* Stroke-oar.

597. Ràmh-dhroighionn.

ràmh-dhroighionn,§ **-inn,** *s. m.* Prickly buckthorn—*rhamnus catharticus.*

ràmh-gualainn, *s.m.* Stroke-oar. 2 (DMy) One of the foremost oars, or oars nearest the bows.

ràmh h-amar,(DMy) *s.m.* One of the oars nearest the stern.

ramhlair, -ean, *s.m.* Humourist. 2 Noisy fellow. 3**Rambler. [** gives ramlair.]

————eachd, *s.f.ind.* Play, sport. 2 Noisiness. 3 Rambling.

ràmh-long, -luing, -an, *s.f.* Galley, boat or vessel fitted for rowing, (long-ràmhach, see p.78.)

ramhraich,* *v.* see reamhraich. 2 Come to high-water as spring-tide. 3 Beat till one's body swells.

†rampair, -ean, *s.m.* Rampart.

ràn, -àin, *s.m.* Roar, loud cry, shriek, bellow. 2 *Melancholy cry. 3* Drawling, dissonant roar or cry. Thoir r., *cry out;* thug e r. as, *he cried out.*

ràn, *pr.pt.* a' ràngaich, a' ràgach & a' ràngail, *v.n.* Roar, shriek, bellow, cry out, make a noise. 2 **Crash loudly. Ged ràgadh sléibhtean, *though hills should roar.*

†ran, *s.m.* Frog.

ran,** **-ain,** *s.m.* Crumb, morsel. 2 Truth.

†ran,** *a.* Clear, evident. 2 Nimble. 3 Noble.

ranach,* **-aich,** *s.m.* Cave that gives an echo. 2 Large ill-furnished house.

ràngach,(CR) *a.* Hoarse—*Arran.*

ràngaich, *s.f.* Roaring, act of roaring, shrieking aloud, as with pain, bellowing. 2* Drawling crying. A' r—, *pr.pt.* of ràn.

ràngail, *s.m. & pr.pt.* Same meanings as ràngaich.

rangaich-,‡‡ *s.m.* Bellower, roarer.

rangan, -ain, -an, *s.m. dim.* of ràn. Roar of a stag 2 Shriek, cry, bellow.

rangach,** **-aich,** *s.m.* Partisan. (*Scots,* randy.)

randomaich,** *v.a.* Abrogate, abolish.

rang, -aing, -an, *s.* Category. 2 Column 3 Rank, row, order, range. 4 Bank of a river. 5 Stream. 6 Wrinkle.

rangach, -aiche, *a.* In ranks, ranges or rows. 2 Wrinkled

rangachail,** *a.* Tactical.

rangachadh, -aidh, *s. m.* Tactics. 2 Putting in rows, arranging, arrangement.

rangaich,** *v.a.* Put in ranks or rows, arrange.

rangaichte,** *past pt.* Put in order, arranged.

rangair, -ean, *s.m.* Wrangler, *prov.*

rangan, see rong.

rangan,** **-ain,** *s.m.* Sloth.

rangan,** *n.pl.* of rang. Ranks, rows.

rang-eòlas,** *s.m.* Tactics.

rang-oilean, *s.m.* Tactics.

rann, -ainn, -an & rainntaichean, *s.f.* Part, portion, division, section. 2 Verse, stanza, distich, catch, canto, section. 3 Epigram, song, poem. 4 Quatrain, stave. 5 Genealogy, pedigree, ancestry. 6 Relationship. 7** Bond, tie. 8**Promontory. 9 Verse of a chapter. 10 see reang. 11* Oration, in poetry.

ranna, see roinne, *gen.sing* of roinn.

rannach, -aich, *s.m.* Songster. 2 Rhymer, bard. 3 Story-teller, reciter.

rannach,* *a.* Belonging to a peninsula.

rannach,‡‡ **-aiche,** *a.* Distributed in parts or portions. 2 Metrical, in verses. 3 Versifying.

rannachadh, -aidh, *s.m.* Act or art of versifying, prosody. A' r—, *pr.pt.* of rannaich.

rannachd, *s.f.* Rhyme, metre, versifying, versification. 2 Tale, story. 3 Satire.

rannadh, -aidh, -aidhean, *s. m.* Division. 2 Bringing to a point, sharpening. 3**Beginning. 4(AH) Continent. Còig rannaidhean ruadha 'n domhain, *the five great continents of the globe.*

rannaidhail,* **-e,** *s.f.* Rhapsody, rant, ranting.

————each,* **-eiche,** *a.* Rhapsodical. 2*Nonsensical in oratory.

rannag, -an, see reannag.

rannaich, *v. a.* Compose verses, versify, rhyme. 2 Bring to a point.

rannaiche, -an, *s. m.* Versifier, songster, poet, bard.

rannaicheachd, see rannachd.

rannaichte, *past pt.* of rannaich. Made into verses, versified. 2 Pointed.

rannaidheachd, *s.f.ind.* Prosody, versification, metre.

rannair, -ean, *s.m.* Divider, distributor, divisor. 2 Versifier, poet. 2 Orator, rhapsodist.

rannan,** **-ain,** *s.m.* Lowing of deer. 2 (DMy) Slime of fish.

————, *pl.* of rann.

ranndachd, *s.f.* Versification, metre, poetry. 2 *Extent of territory.

ranndadh,** *s.m.* Rondeau.

ranndaichean, *pl.* of rann.

ranndar, -air, *s. m.* Murmuring, complaining, discontented language. *prov.*

rannghall,(CR) *s. m.* Inferior poetry, doggerel, —*W. of Ross-shire, Inverness & Argyll.*

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

rann-leabhar,* -air, *s.m.* Anthology.
rann-mheas, -a, *s.m.* Scanning of verse.
rann-phairt, -e, *s.f.* Participation. 2 Participle. 3**Portion.
rann-phàirteach, -eiche *a.* Partaking, sharing, apt to share. 2 Communicating.
rann-phàirteachadh,-aidh, *s.m.* Sharing,communicating. A' r—, *pr.pt.* of rann-phàirtich
rann-phàirteachail, -e, *a.* see rann-phàirteach. 2 Portionable.
rann-phàirtich, *v.a.* Partake, share. 2 Distribute. 3 Communicate, impart.
rann-phàirtiche, -an, *s.m.* Partaker, sharer. 2 Distributor.
rann-phàirtichte, *past pt.* Shared, imparted 2 Communicated. 3 Divided into shares or sections.
rannsachadh, -aidh, *s.m.* Searching, enquiring into,scrutinizing, review, reviewing, searching minutely. 2 Rummaging. 3* Search, scrutiny. A' r—, *pr.pt.* of rannsaich.
rannsachail,‡‡ -e, *a.* Inquisitive.
rannsachair, -ean, *s.m.* Searcher, explorer, examiner, inspector, reviewer.
rannsaich, *pr.pt.* a' rannsachadh, *v.a.* Search, scrutinize, examine minutely, explore, review, rummage.
rannsaiche, -an, *s.m.* Searcher.
rannsaichidh, *fut.aff.a.* of rannsaich.
rannsaichte, *past pt.* of rannsaich. Searched, explored, examined, inspected, scrutinized.
rannsuchadh, see rannsachadh.
rannsuich, see rannsaich.
————te, see rannsaichte.
rannta, *past pt.* Shared, divided.
ranntach,*a.* & *s.* see rannach.
——·——d, see rannachd.
————d,* *s.f.ind.* Extent of territory, jurisdiction, sphere.
ranntair,‡‡ -ean, *s.m.* Poet, songster.
ranntair,* *s.f.* Range, extent of territory, " division." Tha 'n r. ioma-chumhann, *the range is limited ;* a' tighinn a staigh air an r. againn, *encroaching on our territory* (rann-tir.)
ranntannan, *s.pl.* Title-deeds, deeds of conveyance. 2 Chattels. *Sàr-Obair*
ranntar-buth, *s.m.* Confused dance without system.—*Sàr-Obair.*
ranntrach,* -aiche, *a.* Extensive.
rannuidheachd, see rannachd.
rant,** -a, *s.m.* Rant. 2 Noise. 3 Confused dance.
rantair,** Gaelic spelling of *ranter.*
rantaireachd,** *s.f.* Noisiness, ranting. Is ann ort tha 'n r. ; *how noisy you are !*
raob,** *v a.* see reub. 2 Prop.
——ach,** *a.* see reubach.
raobachd,** *s.f.ind.* see reubachd. 2 Excess. 3 Gluttony.
raochd, see raoic.
raod, -aoid, -an, see rud.
raod, see reudan.
raodach,(CR) *a.* Kindly—*Arran.*
raodan, -ain, see reudan.
raodhair, raodhraichean, *s. m.* see raghar. 2 Hope.
raog, -acig, -an, *s.m.* Rushing, *prov.*
raogag, -aig, -an, *s.f.* Woman of an impetuous temper.
raogha, see rogha.
raoghnaich, see roghnaich.
raoic, *v.n.* Roar, bellow. 2 Belch. Mar a raoic eas leòmhan, *as a lion roars.*
raoic,** *s.f.* Bellow, roar. 2 Voice of a deer. 3 Belching noise. 4 Sound made by cattle when fighting. 5* The roar that a cow gives when gored by another.
raoiceach, -eiche, *a.* Roaring, bellowing. 2 Flatulent, making a belching noise. 3 Making a hoarse noise.
raoiceadh, -idh, *s.m.* Roaring, act of roaring, bellowing. 2 Belching. A' r—, *pr.pt.* of raoic.
raoiceil, see raoiceadh.
raoichdeil, see raoiceadh.
raoichdich, see raoiceadh.
raoichd, see raoic.
raoichdeach, see raoiceach.
raoid,(AC) *s.f.* Sheaf of corn consisting of 24 handfuls, each bound with three stalks of corn 2(DC) Sufficient quantity of corn,hay, straw, &c. for a meal for a horse or cow—*Uist.*
raoimeach,** *a.* Plundering.
raoimeadh,**-idh, *s.m.* Depredation, plundering.
raoin, *gen sing.* of raon.
raoine,‡ *s.f.* Young cow that has had a calf, or even two, but is barren and has the calf's share of milk on her thighs.
raoineadh,** -idh, *s.m.* Triumph, victory.
raointeach, -eiche, *a.* Full of plains or fields, meadowy, agrarian.
raointean, *pl.* of raon.
raoir, (an raoir) *adv.* Last night.
raoit, -e, -ean, *s.f.* Indecent mirth. 2 Rakish female. 3††Drunkenness.
raoitealachd, *s.f.* Prodigality. 2 see raoit.
raoiteach,†† *a.* Drunken.
raoiteil, -e, *a.* Indecently merry. 2 Prodigal.
raoiteir, ean, *s.m.* Drunkard.
————eachd, *s.f.* Drunkenness.
raomadh,** -aidh, *s.m.* Phlegm.
†raon, *v.a.* Turn, change. 2 Tear, break.
raon, -aoin, *pl.* -tan, -aichean & raointean, *s. f.* Field, plain. 2 Mossy plain. 3 Green. 4 Road, way. 5 Hope. 6 Upland field, down.
raonach,* -aich, *s.m.* Plain country.
raonach, -aiche, see raointeach.
raonadh,** -aidh, *s.m.* Way, road. 2 Haunt. 3 Breaking, tearing. 4 Changing.
raonaichean, *pl.* of raon.

598. Raosar dearg. *599. Raosar dubh.*

raosar dearg,§ *s.m.* Red currant—*ribes rubrum.*
raosar dubh,§ *s.m.* Black currant—*ribes nigrum.*
raosar geal,§ *s.m.* White currant—*ribes album.*
frap, -a, *a.* Sudden, quick.
†rap,(AF) -a, -an, *s.m.* Any creature that digs for its food, or draws its food towards it, as cows. 2**Noise.
rap,* *s.m.* Bad halfpenny. 2 see rop.
rapach, -aiche, *a.* Nasty, filthy. 2 Slovenly. 3 Drivelling. 4 Foul-mouthed. 5(CR) Stormy, dirty, of weather—*W. of Ross-shire, Inverness & Argyll.*

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

ràpach, -aiche, *a.* Noisy.
rapail,(MS) *a.* Sumptuous.
ràpair, -ean, *s. m.* Frothy, noisy fellow. 2** Slovenly fellow. 3* Worthless fellow. 4* Drawling fellow.
ràpaireachd, *s.f.* Noisiness, habit of noisiness. 2†† Foolish, idle talk.
rapaireachd,** *s.f.ind.* Slovenliness.
rapais, -e, *s.f.* Filth, nastiness, slovenliness. 2 Drab, careless female.
ràpal, -ail, *s.m.* Noise, bustle.
rapal,* *s.f.* Nonsensical talk.
ràpalach, -aiche, *a.* Noisy, bustling.
rapas, -ais, see rapais.
r' ar, (for ri ar) By or beside our, to our. **R' ar taobh**, *to our side.*
ràs, -àis, *s.* Fury, rage—*Dàin I. Ghobha.*
ras, -ais, *s.m.* Shrub, underwood. 2 (AF) Seal, sea-calf.
rasach, -aiche, *a.* Shrubby, boughy, branchy.
rasach,(MMcD) *s.f.* Grating placed against the wall, in which grass, &c. is placed for feeding young sheep wintered in the house—*Lewis.* (prasach.)
rasachd,** *s.f.* Shrubbery, shrubbiness.
rasaiche,** *s.f.* Gipsy, hussy, rambler, rambling woman. Generally used to denote a roving lewd woman.
rasair,** *s.m.* Rambler.
rasaireachd,** *s.f.* Rambling.
ràsal, -ail, -an, *s.m.* see ràsdal.
ràsan, -ain, -an, *s. m.* Harsh, grating discordant noise, bickering. 2 Loquacity, constant speaking. 3 Tedious highway. 4 Smell. 5 **Unpleasant monotony. 6** Monotonous speaker.
rasan, -ain, -an, *s.m.* Brushwood, underwood, copse, shrubbery. 2 Rivulet.
ràsàn, *pl.* of ras.
rasanach, -aiche, *a.* Abounding in brushwood or underwood, or 2 rivulets.
ràsanach,** *a* Tedious, long-winded, loquacious. 2 Discordant. 3 Monotonous.
ràsanach,** -aich, *s.m.* Dull, prosy speaker.
ràsanachd,** *s.f.* Cant, diatribe. 2 Monotony. 3 Tedious verbiage.
ràsanaich,** *v.* Cant.
ràsar, -air, Gaelic form of *razor.*
ras-chrann, -ainn, *s.m.* Shrub.
ras-chrannach,** -aich, *s.m.* Shrubbery.
ras-chrannach, -aiche, *a.* Abounding in shrubs. 2 Made of shrubs.

600. Ras-chrann-sìor-uaine.

ras-chrann-sìor-uaine,‖ *s.m.* Evergreen privet—*ligustrum vulgare.*
rasdach,** -aiche, *a.* Churlish, unpolite.
rasdach,** -aich, *s.m.* Churl.
ràsdail, *v.a.* Rake, harrow.
ràsdail, *gen.sing.* of ràsdal.
rasdair,** *s.f.* Great satiety.
ràsdal, -ail, -an, *s.m.* Rake. 2 Hand-harrow. 3 Harrow. 4** Barebone. 5 Frizzling sound, as of flesh being fried.
ràsdal-ghead, *s.m.* Hand-harrow.
ràsdalach,†† *s.m.* Harrowing. 2 Of, or belonging to, rakes. 3 That can be raked. 4 Like a rake.
ràsdaladh, -aidh, *s.m.* Raking, act of raking together, as hay. 2 Gathering. **A' r—**, *pr. pt.* of ràsdail.
ràsdalaiche,** *s.m.* One who works with a rake. 2 Raker of hay.
rasg, -aisg, -an, see rosg.
rasgach, -aiche, *a.* see rosgach & reasgach.
rasgair,** *s.m.* Idle talker.
rasgaireachd,** *s.f.* Idle talk.
rasgan, *Lewis* for rosgan.
rasmhaol,** -mhaoil, *s.m.* Sea calf.
rastach, -aich, *s.m.* see rasdach.
rastach,** *a.* Country.
rastair, see rasdair.
ràsuidheach,** *a.* Rambling.
ràsuidheachd,** *s.f.* Rambling.
frat, *s.* Motion.
frath, *s.m.* Fortress. 2 Artificial mound or barrow. 3 Village, town. 4 Royal seat. 5 Fern. 6 Plain, cleared spot. 7‡‡ Residence.
rath, -a, *s.m.* Prosperity, fortune, success, increase, profit, advantage, good luck. 2 (AF) Shoal. 3 Surety. 4 Character. 5 Wages. **Is beag r. a bhitheas ort**, *your success will be very precarious ;* **is beag r. a rinn e dhòmh-sa**, *it did very little good to me ;* **chaidh e bho r.**, *he went to pigs and whistles ;* **mac-rath**, *a lucky, fortunate person ;* **r. éisg**, *a shoal of fish ;* **is duilich r. a chur air neach a dh'aindeoin**, *you can't make a man lucky against his will*—in spite of the strong general belief in fate and luck, there are several Gaelic proverbs to the effect that a man makes his own fate or luck, or that one who makes no effort himself cannot have good luck.
ràth, see ràgh.
ràth, -a, *s.m.* Circle. 2 Raft. 3 see ràthan.
ràthach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, circles, or 2 rafts. 3 Abounding in circles, or 4 rafts.
rathach, -aiche, *a.* see rathail & rathmhor.
frathach, -aich, *s.m.* Hough.
rathachadh, -aidh, *s.m.* Prospering, succeeding. 2 Act of making prosperous. 3 Prosperity, success. **A' r—**, *pr.pt.* of rathaich.
rathachas,†† -ais, *s.m.* Success, fortune.
rathad, -aid, *pl.* -an & -aidean, *s.m.* Road, way, highway. 2 Path, track. 3* Method. **R. mór an righ**, *the public road, the king's highway ;* **as an rathad**, *out of the way, aside ;* **air an rathad**, *on the way, coming; 2 pregnant (of women only) ;* **gabh do r.** ! *begone !* **luchd-gabhail an rathaid**, *wayfarers ;* **rè an rathaid**, *the whole way.*
rathadach,†† *a.* Pushful, diligent.
rathad-dìridh, *s.m.* Ascent.
rathad-iarainn, *s.m.* Railway, railroad.
rathaich, *v.a.* Make prosperous. 2 Bless.
rathaich,(AC) *s.* Passion.
rathail, -e, *a.* Prosperous. 2 Astute. 3 Fortunate. 4 Famed, well spoken of. **Dream r.**, *a prosperous people.*
rathamhnas, -ais, *s.m.* Prosperity. 2 Happiness.
rathan, ain, *s.m.* Bunch. 2 Bundle. 3 Strumpet.
rathan, -ain, -an, *s.m.* see rothan. 2 Sheave of the flyers of a spinning-wheel, the grooved drum that receives the driving-cord.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

ràthan, -ain, -an, *s.m.* Surety, security. Chaidh e an r. air, *he became surety for him*; theid mis' an r. ort, *I can assure you (North)*; théid mi am bannaibh dhuit, *or* théid mi an urras ort, *or* bàirnidh mis' thu *(Islay.)*
rathanach, *a.* Having pulleys. (rothanach)
ràthanas, -ais, *s.m.* see ràthan
rath-dorcha, *s.m.ind.* The moon in the wane.
rathmhoire, *comp.* of rathmhor.
rathmhor, -oire, *a.* Prosperous, successful, fortunate. 2 Noted. 3 Happy.
rath-sholus, -uis, *s.m.* The space between the front and back doors of a house.
rath-soluis, *s.m.* The time of moonlight at night.
rath-thiodhlaicidh, (CR) *s.m* Lair, grave-plot—*W. of Ross-shire.*
rati, *s. f* Ludicrous appellation applied to whisky—*Sàr-Obair.*
ratreut, *s.m.* Retreat.
ré, *s.f.ind.* [** gives *m.*] The moon. 2 Time, season, duration, space of time. 3 Life, existence, life-time. 4**Planet. Ré nuadh, *the new moon*, (*generally*, an solus ùr); fad mo ré 's mo là, *during my day and generation.*
rè, *adv. & prep.* During. Rè an là, *during the day*; rè na bliadhna, *all the year, during the whole year*; rè an rathaid, *all the way* [Governs the genitive case.]
re see righ & ri.
rèab, see reub.
rèabach, see reubach.
rèabail, see reubail.
reaban, *s.m.* (MS)Minnow. 2(DMy)The fringe of whiskers men were formerly in the habit of leaving when shaving from ear to ear.
†reabh,‡ *s.m.* Wile, trick, cunning.
†reabhach, -aiche, *a.* Subtle, crafty, cunning. 2 **Joyful.
reabhach,** -aich, *s.m.* Mountebank, one who plays tricks, hence a wicked fellow, a devil. 2 The Devil. An r. thu, *devil take you.*
reabhag,(AF) *s.f.* Linnet, titling.
——— -mhonaidh,(AF) *s.f.* Mountain linnet, meadow pipit, heather lintie.
——— -fhraoich,(AF) see reabhag-mhonaidh.
reabhair, -ean, *s.m.* Crafty, subtle fellow.
rèabhair,(CR) *s.m.* One fond of running about—*Perthshire.*
rèabhaireachd,(CR) *s.f.* Running about—*Perthshire.*
reabhaireachd, *s.f.ind.* Craftiness
reabhart, -airt, -an, *s.m.* see reothart.
reabhdan, see reudan.
†reabhlangar,** *a* Skipping, playing, sporting.
reabhradh, -aidh, *s.m.* Disporting, as of boys—*Badenoch.* 2**Skipping.
reabunn, -uinn, see reubainn.
treac, *s.f* Woman, damsel
reacar,** *a.* Swift. 2 Growing quick. 3 Hot. 4 Strong.
reacn *prov.* for rach.
reachadh, see rachadh.
reachd, *s.m.* Law, statute, ordinance. 2 Right, due 3 Toll. 4 Command, power, authority. 5 Keen sorrow. 6 see reachdmhoireachd. Dream gun aireamh fo d' r., *people without number under thy command*
reachd, *s.f.ind.* Great vexation, keen sorrow 2**†Loud sob or sigh. 3 Emotion, tears, shedding of tears from vexation or a feeling of insult. 4 (AC) Strength, toughness 5 (AC) Emulation. Bhris r. air, *he gave expression to his sorrows*; thainig r. 'am mhuineal, *a lump* (or *choking sensation*) *came in my throat*; thàinig r. orm, *emotion came upon me*, bhris air mo r., *my strength broke down.*
reachdach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, a law. 2 Right, lawful. 3 Imperative, giving law. 4 Authoritative. 5 Strong. 6 Vexatious, annoying. 7 Haughty. 8 Prone to take offence. 9 Causing deep sorrow. 10 Strong, stout, powerful. 11**Enactive, legislative.
reachdachadh, -aidh, *s.m.* Enacting, act of enacting or legislating. A' r—, *pr. pt.* of reachdaich.
reachdachd,** *s.f.* Legislation, enaction.
reachdadair, -ean, *s.m.* Lawgiver, legislator. 2 **Ruler, rector.
reachdadh,** *s.m.* Legislation.
reachdaireachd, *s.f.ind.* Legislation, enaction, decreeing. 2 Rectorship.
reachdaich, *pr.pt.* a' reachdachadh, *v.a.* Enact, legislate, ordain, decree, appoint.
reachdaichte, *past pt.* Enacted, prescribed by law, ordained.
reachdail, *a.* Legal, lawful. 2 Regular. see reachdach.
reachdair, *s. m.* see reachdadair. 2** *rarely* Dairyman.
reachd-airm,** *s.f.* Court of Judicature.
reachdar, see reachdmhor.
reachd-cheangail, *v.a.* Bind by a law or decree. 2 Stipulate. 3 Article, articulate.
reachd-cheangailte, *past pt.* of reachd-cheangail. Bound by law or decree. 2 Stipulated.
reachd-cheangal, -ail, *s.m.* Binding by a law or decree. 2 Stipulating, act of stipulating. 3 Fixing by law. A' r—, *pr. pt.* of reachd-cheangail.
reachd-dhaingneach, -eich, -an, *s.m.* Decree, statute.
reachd-dhaingneachadh, -aidh, see reachd-cheangal.
reachd-dhaingnich, see reachd-cheangail.
reachd-dhaingnichte, see reachd-cheangailte.
reachd-mhathair,** -mhathar, *s.f.* Mother-in-law.
reachd-mhòd, -òid, -an, *s.m.* Court of law, court of justice.
reachdmhoire, *comp.* of reachdmhor.
———achd, *s.f.ind.* Validity. 2 Stoutness. 3 Rankness. 4 Productiveness, as of corn. 5 Substantialness, pithiness. 6 Sorrowfulness. 7 Spiritedness.
reachdmhor, -oire, *a.* Stout, energetic, strong, robust. 2 Valid. 3 Rank, luxuriant full of substance, substantial, pithy. 4 Spirited. 5 Sorrowful, tearful. 6 Commanding. 7 Imperative. 8 Legislative. 9 Vexatious, tormenting. 10 Easily offended. 11 Handsome, fair. 12* Productive, as corn. Seachd diasan r. agus math, *seven ears of corn, rank and good.*
———achd, *s.f.ind.* Vexatiousness. 2 Readiness to take offence.
reachd-shaoirseach, see reachd-shaor.
reachd-shaor, -shaoire, *a.* Licensed, authorized.
reachd-thabhairteach, -eiche, *a.* Legislative, lawgiving. 2 Fond of, or pertaining to legislation.
reachd-thabhairtear, -ir, -an, *s. m.* Legislator, lawgiver
treacht, -an, *s.m.* Man. 2 see reachd.
rèadan, -ain, -an, *s.m.* see reudan.
treadan, -ain, -an, *s.m.* Reed, pipe, tube.
readanach, see reudanach.
read-chord, -chuird, *s.m.* Rein of a bridle.
†———an, *pl.* of read-chord.
readh, see readhag.
readh, see rachadh.
readh,** *a.* Tough, hard. Chagnadh e sleagh r., *he would chew a tough spear.*
rèadh, see riadh.
readhag,(AF) *s* Mad bull or ox.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

†readh-sgaoileadh,** -idh, *s.m.* Flux.
reafog, -oig, -an, *s.f.* Linnet.
†reag,** -eig, *s.f.* Night.
reag-dhall,** *a.* Purblind.
reagnorach,** *a.* Resounding.
real, see reul.
rèall, see reul.
reallag,(AF) *s.f.* Linnet.
rèalt, see reul.
reamaid, see rachamaid.
reamain, *s.f.* Beginning.
reamalair, *Perthshire* for ramalair & ramachdair
†reamh, see roimhe.
reambra, see reamhra.
reamhad,** -aid, *s.m.* Bulk, fatness.
reamhag, see riabhag.
reamhain ** *s.f.* Foretelling, prognostication.
reamhair,** -ean, *s.m.* Traveller, wayfaring man, vagabond.
reamhar, -mhra, *a.* Fat, plump, fleshy. 2 Fat, greasy, oily. 3 Big, great. 4 Thick, gross, of great circumference. 5**Coarse. An sneachd nach tig mu Shamhuinn, thig gu r. mu Fhéill-Brìghde, *the snow that comes not at Hallowmas will come thickly at Candlemas* ; r. am teòil, *fat-fleshed.*
†reamh-cheuman, *s.pl.* Ancestors, forefathers.
reamhra, *comp.* of reamhar.
reamhrach, -aiche, *a.* Coagulative, thickening. 2 Fattening.
———-adh, -aidh, *s.m.* Fattening, act of fattening or making fat. 2 State of becoming fat, gross, thick or large. 3 Grossness, fatness. 4 Coagulation. A' r—, *pr. pt.* of reamhraich.
———-ail, -e, *a.* Fattening, having a tendency to fatten, or make fat.
———-d, *s.f. ind.* Fatness, grossness. 2 Suet. 3* High-water, full spring-tide—*Islay.* R. a' bheathaich, *the fatness of the beast* ; r. 'sa phoite, *suet in the pot* ; r. muic-mara, *blubber* ; r. na talmhainn, *the fatness of the earth.*
reamhrad, -aid, *s.m.* Fatness, degree of fatness or grossness.
reamhraich, *v.a, & n.* Fatten, make fat. 2 Become fat, thick or gross. 3 Concrete, coagulate, clot
———-te, *past pt.* of reamhraich. Fattened, fed, made fat.
rean,** *s.f.* Span.
reang, *v.a. & n.* Kill, starve or subdue with hunger. 2 Become emaciated or lean.
reang, reing, -an, *s.f.* Rib, see bàta, E 3, p. 73 ; see rong. 2 Joggled frame in a boat, see bata, C p. 73. 3 Wrinkle in the face. 4(AC) Bar. 5 (AC) Stalk. 6 (AC)Rod, pole, wand. 7 (AF) Hare.
reang, -a, -an, *s.m.* Rank, row, series. 2 Rein. 3 Kidney. Reanga, *reins.*
reangach, -aiche, *a.* Lean, starved, cadaverous. 2 see rongach. 3* Full of wrinkles, wrinkled. 4 Full of strings or fibres. 5 Delaying, lingering. 6††Ranked, ranged. 7 Like a rein. 8 Like a kidney. 9**Having reins or kidneys. 10 Ribbed, as a boat or ship.
reangachadh, -aidh, *s.m.* Starving, act of starving with hunger. 2 State of becoming lean or emaciated. 3 Putting in ranks or rows. A' r—, *pr.pt.* of reangaich.
reangadh, see reangachadh.
reangaich, *v.* see reang.
reangaichte, *past pt.* of reangaich. Starved with hunger. 2 Lean, cadaverous.
reangair, -ean, *s.m.* Loiterer, lingerer. 2 Wrangler.
———eachd, *s.f. ind.* Indolence, lingering, sloth.
reangan, see rong.
reangas, *s.m.* Stringer of boat, see bàta, F5, p. 73.
reann, see reang.
†reann, -a, *pl.* -an, [& rinn**,] *s. m.* Star. 2 Land, soil. 3 Country.
reanna, *s.pl.* Stars.
reannach, -aiche, *a.* Spotted, striped.



601. Reannach.

reannach, -aich, *s.m.* Mackerel. 2 Mackerelsky. 3**Strong, robust man.
reannach uaine, *s.m.* Blue mackerel.
reannag, -aig, -an, *s.f.* Star. 2 Starlet. 3 Shooting star. R. earballach, *a comet.*
reannagach, -aiche, *a.* Starry, studded with stars, spangled. 2 Like a star.
†reannair, -ean, *s m.* Astrologer, astronomer.
reannan, -ain, *s.m., dim.* of reann. Little star, starlet.
reann-ghlan,** *a.* Starbright. Na rosgan r., *the starbright eyes.*
reann-raineach, *s.f.* Royal fern, see raineach rìoghail.
rèap,(CR) *s. m.* Untidy person—*Suth'd.* [In *Gairloch* rìap—DU.]
rèapach, *Suth'd* for riapach.
rear, (AF) *s.* Blackbird.
†rear, *s.m* Provision.
rearg,(AF) *s.* Blackbird.
reas, reis, *s.m.* Rice
reas,* *s.m.* Head of dry curled hair.
reasach, -aiche, *a.* Prattling, talkative. 2 Having dry curled hair.
reasan, see reas.
rèasan, see reusan.
———aich, see reusanaich.
†reasart, -airt, *s.m.* Preservation. 2 Health.
reasbait,** *s.m.* Beggar's brat.
reasgach, -aiche, *a.* Stubborn, froward, perverse. 2 Restive, impatient. 3 Irascible. 4††Rough. 5 Skittish. Each r., *a restive horse.*
reasgachd, *s.f. ind.* Stubbornness, perverseness, frowardness. 2 Irascibility. 3 Restiveness, impatience. 4** Contumacy. 5††Roughness. 6 Skittishness. 7**Aching.
reasgaiche, see reasgachd.
reasgaicheachd, see reasgachd.
reasgaichead, -eid, *s.m.* Stubbornness, degree of stubbornness. 2 Contumacy. 3 Irascibility. 4 Impatience, restiveness. Is r. an t-each an spor, *the spur makes the horse more restive.*
rèasg-shuil, -shùla, -shùilean, *s.f.* Blear-eye.
———-each, -eiche, *a.* Blear-eyed.
rèasonta, see reusonta.
reasuall,(AF) *s.* Whale.
†reatair, *s.m.* Clergyman, clerk.
†reatas, -ais, *s.m.* Enmity, hatred.
rèath, *a.* see reidh.
reath, -a, -an, *s.m.* see reithe.
reatha, *s.* see reith.
reathach, *a.* see reitheach.
reathachas, -ais, see reitheachas.
reathadh, *Northern form* of rachadh.
reathadh, -aidh, *s.m.* see reitheachas.
rèathlan,** -ain, *s.m.* see reidhlean.
†reathream,** *s.m.* Climate.
ré-chearcall, -aill, -an, *s.m.* Halo.
†redhream, *s.m.* Climate.
réibean,(MS) *s.m.* Moustache. 2 Stickleback, see reaban.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

†reibh, see ribh.
reic, *s.m.* Sale, auction, selling, act of selling. A' r—, *pr.pt.* of reic.
reic, *pr.pt.* a' reic, *v.a.* Sell, vend.
réic, *pr.pt.* a' réiceil, *v.n.* Roar, howl.
reic-chead,** *s.m.* License or permission to sell publicly.
————ach,** *a.* Licensed, authorized to sell.
reiceach, -eiche, *a.* Selling, fond of selling, trucking. 2 Saleable.
réiceach, -eiche, *a.* Roaring, howling.
reiceadair, -ean, *s.m.* Seller, salesman, broker. 2 Auctioneer.
————eachd, *s.f.ind.* Selling, business of selling. 2‡‡Merchandize. 3 Auctioneering.
reiceadh, -idh, *s.m.* & *pr.pt.* of reic, see reic.
réiceadh, -idh, *s.m.* Roaring, act of roaring or howling. A' r—, *pr.pt* of réic.
reicealachd,(MS) *s.f.* Vendibleness.
reicear, *fut.pass.* of reic. Shall be sold.
———, *s.m.* Seller, auctioneer.
réiceil, -e, *s.f.* Roaring, act of roaring, howling. A' r—, *pr.pt.* of réic.
reiceireachd, see reiceadaireachd.
reic-fhollaiseach,(MS) *s.f.* Auction.
reicidh, *fut.aff.a.* of reic.
reicte, *past pt.* of reic. Sold.
réide, see réite.
réideach, see réiteach.
————adh, see réiteachadh.
réideachair, see réiteachair.
reideadh, *s.m.* Reaping. A' r—, *pr. pt.* of reidich.
†reidh, *s.m.* Rope. 2 Withe.
réidh, -ean, *s.m.* Plain, meadow, level ground.
réidh, -e, *a.* Plain, level, smooth. 2 Polished. 3 Straight, uninterrupted, clear of obstruction. 4 Free, ex mpt. 5 Reconciled, at peace, appeased, conciliated. 6 Safe, not dangerous. 7 Ready, prepared. 8 Disentangled. 9 Unravelled. 10 Harmonious, clear, melodious. 11 Ordered, arranged, disposed, in order. 12** Allied. 13** Regular. Aite r., *a plain* or *cleared place* ; tha mi r. dheth, *I have done with it* ; tha iad r. a nis, *they are at peace now* ; r. ri Dia, *at peace with God* ; am bheil thu r. ? *are you prepared ?* gu h-òrdail, r., *well-ordered and harmoniously* ; gu r., *at leisure* ; fiodh r., *smooth wood* ; gabh r. a' bhlàir, *betake yourself to the plain* ; fhuair e réidh 's e, réidh 's a' chùis, *he got clear* or *rid of it, rid of the business—Arran* ; ni mi r. e, *I will appease him.*
réidh, *gen. sing.* of riadh.
réidh-bheart, bheirt & -e, *pl.* -ean. *s.f.* Concord, harmony.
————————ach, -aiche, *a.* Harmonious, agreeing.
réidh-charbadair,†† *s. m.* Hackney-coachman, cabman
reidheachd, *s.f.ind.* Plainness, state of being plain or level, smoothness. 2 Polish. 3 Uninterruptedness, straightness. 4 State of being free or exempt. 5 State of being reconciled or at peace. 6 Safety 7 Readiness, state of being prepared. 8 State of being disentangled or unravelled. 9 Harmony, melody. 10 State of being arranged or regularly disposed. 11 Ready service, officiousness.
†réidheadh, -idh, *s.m.* Agreement, assent.
réidhealachd,(MS) *s.f.* Accommodation.
réidheas,* -eis, *s.f.* Peace. Faigh le r. e, *get it in peace, without disturbance.*
réidh-fhiodh, -a, *s.m.* Plane-tree.
reidhir, see raoir.
réidh-labhart, -airt, *s.m.* Eloquence, smoothness of speech or utterance.
réidh-labhrach, -aiche, *a.* Eloquent, speaking smoothly.
réidhleach,* -eich, *s.m.* Down.
réidhlean, -ein, -an, *s.m.* Green, level plain, meadow. 2**Bowling-green. 3 (AH)Scope, range, latitude, elbow-room. Air an r., *on the plain* ; chun an r., *to the plain.*
reidhlean, -ein, -an, *s.m.* Wheel of a pulley, see ùlag, 6, p. 78.
réidhleanach, -aiche, *a.* Abounding in plains or meadows, meadowy. 2 Plain, level. 3 (AH) Unconstrained, unconfined, unrestrained.
réidhlic, see réilig.
reidhneach,(AF) *s.m.* Barren cow—*Suth'd.*
reidhne-mairt,(CR) *s.m.* Cow that does not give milk and is not with calf—*W. of Ross-shire.*
réidh-raineach,§ *s.* Polypody, see clach-raineach.
réidh-shnasaich, *v.a.* Anatomize.
réidhte, see réite.
————ach, see réiteach.
reidich,(DMy) *v.a.* Cut oats or barley with a sickle.
réidich, *v.a.* Reconcile, conciliate, appease. 2 Clear away, disentangle, adjust. (see réitich.)
————te, *past pt.* of réidich. Reconciled, conciliated, propitiated. 2 Cleared of obstruction, disentangled, adjusted.
reige, *s.f.* Ridgling.
†reighlios, *s.* Church, shrine, sanctuary.
réil, *gen.sing.* of reul.
†reil,** *a.* Clear, manifest.
réile, -an, *s.f.* Pebble.
réileag, see réilig.
————ach, see réiligeach.
réilig, -e, -ean, *s.f.* Grave, burying-place. 2** Church. 3* Crypt or burying place under a church. 4* Stone chest where bones dug out of graves are placed. Bithidh dùil ri fear fairge ach cha bhi ri fear-réilige, *there may be hope of a man at sea, but none of one in the grave.*
réilige, see réilig.
réiligeach, *a.* Like a churchyard. 2 Having a churchyard. 3 Belonging to a churchyard.
réileag, -ig, *s. f., dim.* of reul. see reultag. 2 Herb robert, see righeal-cùil.
————ach, *a.* see reultagach.
réiltean, -an, [**pl.* -tein.] *s.m., dim.* of reul. Asterisk. 2 Little star. 3**Astrolabe.
reim, Gaelic spelling of *rheum.*
reim,(CR) *s.f.* Wheel of a spinning-wheel. 2 Grooved rim of a spinning-wheel. 3 Rim of driving-wheel.
réim, -e, -ean,*s.f.* Power, authority, dominion, sway. 2 Way. 3 Progress, order. 4 An order. 5 Calling out. 6 Troop, band. 7 Evenness of temper 8 Course of life, career. 9** Consistence. 10(CR) Self-command, self-control.—*W. of Ross-shire.* 11**Series. 12 (MS) Pituate.
†réim-bhriathar, -thran, *s.m.* Adverb.
réimealachd, *s.f.ind.* Sway, authority. 2 Constancy.
réimeas,** *s.m.* Rhyme.
réimeil, -e, *a.* Authoritative, bearing sway. 2 Persevering. 3 Even-tempered, constant, even-minded. 4**Progressive. 5 (MS)Rheumatic. 6 (MS) Pituitous. 7 Phlegmatic. 8** Rampant. Steòrnadh r., *steady steering.*
reimhe, *s.f.ind.* Fatness, thickness, grossness. 2 Pride.
reimheach, -eiche, *a.* Arrogant, proud, petulant, conceited.
reimheachd,** *s.f ind* Arrogance, forwardness, petulance, conceitedness.
reimse, -an, *s.m.* Club, staff.
reimseach, -eiche, *a.* Heroic.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

reimseach, -ich, -an, *s.m.* Coarse, sturdy woman.
reing, -e, -ean, see reang & rong.
reing-an-ruing,§ see lus-nan-leac.
reingeach,** -ich, *s.m.* Ship-timber.
————, -eiche, *a.* Abounding in, of, or like ship-timbers.
†**réir**, see raoir.
réir, *gen. & dat.sing.* of riar.
réir, (a réir & do réir) *phrase.* According to, as, like as. Na'm bithinn 'nad r., *if I were of the same opinion as you;* iomadh gille òg am r., *many a youth fond of me*; tha sinn a r. a chéile, *we are pleased with each other, on the best of terms*; fleadh do m' r., *a feast worthy of me*; a r. cuimhne dhomhsa, *to the best of my recollection.* M' a réir, is often used for "free," as leig iad m'a réir e, *they set him free.*
reirceire, (AF) s. Plover.
reir-chearc, (AF) *s.f.* Grouse. 2 Heather-hen.
réis, -e, -ean, *s.f.* Race, chase. 2 Span (9 in.) 3 Running course. Ruith e 'r., *he ran his race*, r. d' a theangaidh, *a span of his tongue.*
réisde, Therefore, then. Is beag an t-iòghnadh a r. ged robh teangaidh do bheòil-sa 'seinn gu binn cliù éibhinn t' fhir pòsd', *it is little wonder, therefore, that your tongue should sing sweetly your husband's glad praise.*—*Dain I. Ghobha.*
réisg, *gen. sing.* of riasg. Le 'n sròin ag iarraidh nan aighean riabhach feadh shliabhchnoc réisg, *seeking with their noses the brindled hinds among the mountain grass.*
réisg, *v.a.* Arrest. 2 Seek.
reisghiobhar,** -air, *s.f.* Prostitute.
reisiche,** *s.m.* Rehearser. 2 Romancer.
réisimeid, -e, -ean, *s,f* Regiment.
————each, -eiche, *a.* Regimental.
†**freismeirdreach**,** -ich, *s.f.* Harlot, street prostitute.
reisgeadh, *s.m.* Hanging of fish or flesh up to dry —*Suth'd.*
réit, see réite.
réite, -ean, *s.f.* Concord, agreement, harmony, reconciliation. 2 Expiation, atonement. 3 Agreement, contract, settlement, adjustment. 4 Marriage espousals or contract. 5**Disentanglement. Dean r. *be reconciled*; a dh' fheuchainn an dean mi r. air son bhur peacaidh, *to try if I shall make atonement for your sins.*
réiteach, -ich, -ichean, *s.m.* see réite. 2**Plain, any level place.
———— -ich, see réiteachadh. Leannbh réitich, *an illegitimate child*—*Lewis.*
————, *a.* see réiteachail.
réiteachadh, -aidh, *s.m.* Act of reconciling, settling, agreeing. 2 Act of clearing, unravelling or disentangling, disentanglement, adjustment. 3* Putting in order. 4* Smattering. 5**Harmony. 6**Union. 7**Covenant. A' r—, *pr.pt.* of réitich. R. pòsaidh, *a betrothment, marriage-contract.*
réiteachail, -e, *a.* Reconciling, that reconciles or conciliates. 2 Ready to be reconciled, fond of reconciling. 3 Fond of clearing away obstructions or entanglements. 4 Appeasable, arbitrable. 5 That unravels or disentangles.
réiteachair,** *s.m.* Appeaser, reconciler, conciliator, mediator, one who clears away obstructions.
réiteachd, *s.f.ind.* Reconciliation, agreement, state of being reconciled. 2 Disentanglement, state of being disentangled. 3 Peace, concord.
réitealachd, (MS) *s.f* Appeasableness.
réitear, (MS) *s.m.* Peace-maker, reconciler, appeaser.
réith, -e, see réidh.
reith, *v.a.* see réitich.
réith-bheart, see réidh-bheart.
————ach, see réidh-bheartach.
reiche, -achan, *s. m.* Ram. 2 Dimmont tup. 3 The sign Aries (♈) in the zodiac.
reicheach, -eiche, *a.* Rammish, like a ram. 2 Ruttish.
reitheachadh, -aidh, *s.m.* Lining, rutting, as a ram. A' r—, *pr.pt.* of reithich.
reitheachan, *pl.* of reithe.
reitheachas, -ais, *s. m.* Rammishness, tuppishness. 2 Ramming. 3 Rutting of sheep.
reitheachd, *s.f.* see reitheachas.
reitheadh, -idh. *s. m.* see reitheachadh. A' r—, *pr. pt.* of reith
reithean, *s.m.*, *dim.* of reithe. Young or little ram.
reithe-cogaidh, *pl.* -achan-cogaidh, *s.m.* Battering-ram.
reithe-slachdaidh, *pl.* -achan-slachdaidh, *s. m.* see reithe-cogaidh.
†**reithe-raobhta**, *s.m.* Battering-ram.
reithe-séisdidh, *s.m.* Battering-ram.
reithich, *v.a.* Line, rut, as a ram,
réithleach, -ich, -an, see réidhlean.
réithlean, see réidhlean.
réitich, *v.a. & n.* Reconcile, conciliate. 2 Agree upon, ratify. 3 Adjust, determine, regulate, set in order, disentangle. 4 Prepare. 5 Adjust or settle the terms of marriage, be betrothed. 6 Articulate. 7 Appease. 8 Clear away, clear. R. an taigh, *put the house in order*; réitichear a' cheist, *the question shall be determined*; r. thu àite fa chomhair, *thou hast prepared a place for him*; r. an snàth, *disentangle the thread*; r. an rathad, *clear the way.*
réitichte, *past pt.* of réitich. Reconciled. 2 Agreed upon, ratified. 3 Adjusted, determined, set in order, regulated. 4 Prepared, set in order. 5 Betrothed. 6 Appeased. 7 Disentangled, disencumbered.
re na h-ùine seo, Meanwhile.
reò, see reòdh & reòthadh.
reobhart, see reothart.
reòdh, *v.a. & n.* Freeze, cause to freeze. 2 Become frozen.
reòdhadh, -aidh, *s.m.* Act of freezing or causing to freeze. 2 State of freezing or becoming congealed. 3 Frost. [Used for ice as well as frost in *Arran.*] A' r—, *pr.pt.* of reòdh.
reòdh-leac,** -lic, *s.f.* Sheet of ice.
————,** *v.n.* Congeal.
reòdhta, *a. & past pt.* Frozen. 2 Cold, frosty.
reòdhtach, *a.* Freezing, frosty.
reòdhtachail,* -e, *a.* Congealable.
reòdhtachd, *s.f.ind.* Algidity.
reòdhtadh, -aidh, *s. m.* Freezing, congealing. 2 Frost. Taigh reòdhtaidh, *an ice-house*; oidhche reòdhtaidh, *a frosty night.*
reòidhte, see reòdhta.
reolaist,* *s.f.* Doggerel.
reò-leac, -ic, -an, *s f. & v.* see reòdh-leac.
reomhad, see romhad.
reòn,** -òin, *s.m.* Span.
reo-shruth,** *s.m.* Frozen stream.
reòta, (CR) s. Frost. Fuachd an reòta, *the cold of the frost.*
reòta, see reòdhta.
reòtach, see reòdhtach.
reòtadh, see reòdhtadh.
reòtaidh, *Strathtay* for reodhta. Oidhche r., *a frosty night.*
reotanach, -aiche, *a.* Stinging.
————d, *s.f.* Stinginguess.
reòtanda, *a.* Stinging.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

reòth, see reòdh.
reòtha, see reòdhadh.
reòthadh, see reòdhadh.
reothart, -airt, -an, *s.m.* Spring-tide. 2 The time of spring-tide. Làn r., *spring-tide;* àirde-reothairt, *height of spring-tide;* r. an diugh agus còntraigh am màireach, *up to-day and down to-morrow*—expressive of too much and too little; r. nan eun *the spring-tide of the birds*—also called "r. mór na Féill-Pàdruig," *the high spring-tide of St. Patrick's day.* At that time of the year the spring-tides are usually very high, and large quantities of seaware are cast ashore, which is occupied later on as a nestling-ground for large numbers of birds. [*fem.* in *Argyll-shire.*]
reòthta, see reòdhta.
rè 'r (rè+ar & rè+'ur) During our. 2 During your. Re 'r là, *during our day.*
rè seal *adv.* For a time.
reub, *v.a.* Tear, rend, pull asunder. 2 Wound, mangle. 3 Abuse. 4* Gore, as a bull. 5 Lacerate, pain intensely. 6* Tear as with a shearing hook or any jagged instrument. Reub e 'aodach, *he rent his clothes.*
reub, -a, -an, *s.m.* see reubadh.
reubach, -aiche, *a.* Rending, tearing. 2 Wounding, lacerating, bruising.
reubachd, *s.f.ind.* Tearing.
reubadh, -aidh, *s.m.* Rending, act of rending, tearing or lacerating. 2 Rent or fissure produced by tearing. 3 Avulsion. 4 Wound. 5* Goring. A' r—, *pr.pt.* of reub.
reubaidh, *fut. aff. a.* of reub. Shall tear
reubail,†† *pr.pt.* a' reubladh, *v.* Tear, mangle. [†† gives rèabail.]
reubainn, *s.f.* Robbery, plundering, freebooting, rapine.
————each, -eiche, *a.* Plundering, robbing, piratical.
————eachd, *s.f.ind.* Robbery, practice of robbery, plundering or freebooting.
————ear, -an, Same meanings as reubair.
reubair, -ean, *s.m.* Robber. 2 Violent person. 3 Render, tearer, bruiser.
reubaireachd,** *s.f* Robbery, plunder. 2 Tearing, lacerating.
reubal, -ail, *s.m.* Rebel.
————ach, -aiche, *a.* Rebellious.
————ach, -aich, *s.m.* Rebel.
————achd, *s.f. ind.* Rebellion.
reubaltach, -aiche, *a.* see reubalach.
————, -aich, s. see reubalach.
————d, see reubalachd.
reubam, *1st. sing. imp.* of reub. Let me tear 2 *fut.aff.a.* of reub (for reubaidh mi) I shall tear.
reuban, see reubainn.
reubanair, see reubainnear.
reubar, *fut.pass.* of reub. Shall be torn.
reubhag, -an, see riabhag.
reubta, *past pt.* of reub. Torn, rent, pulled asunder. 2 Wounded, mangled, maimed. R. le dealan, *wounded by lightning.*
reuchdal, -ail, -an, *s.m.* Tediousness, wearisome ceremony, dilatoriness.
reuchdalach, -eiche, *a.* Tedious, wearisome, ceremonious.
reud, see reudan.
reudan, -ain, -an, *s.m.* Moth, timber-worm. 2* Dry-rot in wood. 3(AF) Weevil. 4** Woodlouse. 5 Pedicular insect that eats through timber and paper. 6**Pipe. 7**Reed.
reudan, *pl.* of reud.
reudanach, -aiche, *a.* Abounding in moths or woodlice. 2 Moth-eaten. 3*Dry-rotten. 4 Reedy.
reudanaich,* *v.a.* Dry-rot.
————te, *a. & past pt.* Moth-eaten. 2 Dry-rotten.
reul, réil, reultan, *s.f.* Star. 2 Belle. R.-chomhaideachd, *satellite, planet;* r. na madra, *the dog-star;* r. seachrain, *a comet;* r. seachranach, *a planet;* r. seasmhach, *a fixed star;* solus nan reultan, *starlight.*
reulach, -aiche, *a.* see reultach.
reulaidair, -ean, *s.m.* Astronomer. 2 Astrologer, star-gazer.
————eachd, *s.f.ind.* Astronomy. 2 Astrology, star-gazing.
reulaidh,** -aidh, *s.m.* Declaration.
reulag, -aig, *s.f., dim.* of reul. Little star, boss. 2 Asterisk. 3 Star—*Arran.*
————ach, -aiche, *a.* Glittering with little stars. 2 Starry, astral. 3 Studded.
reul-airgiodach,** *a.* Studded with silver. Claidheamh r., *a silver-studded sword.*
reulanach,(MS) *a.* Astriferous.
reul-an-iuchair, *s.f.* The dog-star.
reul-bhad, *s.m.* Constellation.
reul-bhuidheann, see reul-bhuidheann.
reul-chearbach, -tan-, *s.f* Comet.
reul-chuairt, -ean, *s.f.* Orbit.
reul-dhealrach, -aiche, *a* Star-blazing.
reul-dhiadhaireachd, *s.f.ind.* Astro-theology.
reul-dhruidh, -ean, *s.m.* Astrologer.
————each, *a.* Astrological.
————eachd, *s.f ind.* Astrology.
reul-eòlach, -aiche, *a.* Skilled in astronomy or astrology. Gu r., *astrologically.*
reul-eòlas, -ais, *s.m.* Science of astronomy or astrology.
reul-fheasgair, *s.f.* Evening star.
reul-ghrigleach,** *a.* Sideral, astral. 2 Thick-set with constellations.
reul-ghrigleachan, -ein -an, *s.m.* Constellation, cluster or group of stars, as Pleiades.
reul-ghriglean, -ein, -an, *s m.* Constellation.
reul grigleanach,** *a* see reul-ghrigleach.
reul-iùil, *s.f.* Pole-star.
reul-na maidne, *s.f.*Aurora (plant.) 2 The morning-star.
reul-sholus, -uis, *s m.* Star-light.
reult, -a, *pl.* -an & reilte, see reul.
reulta, *pl.* of reul.
reultach, -aiche, *a.* Starry, astral. 2 Starred. Oidhche r., *a starry night.*
reultag,** -aig, -an, *s.f.* Starlet. 2 Asterisk. 3 Stud. 4 Astrolabe.
reultagach, *a.* Starry, abounding in little stars. 2 Studded.
reultaich,** *v.a.* Stud.
reultaichte, *past pt.* Studded.
reultair, see reuladair.
————eachd, see reuladaireachd.
reultanach, -aiche, *a.* see reultach.
reultan, *pl.* of reul. 2 *dim.* of reul.
reult-bhuidheann, see reul-bhuidheann.
reult-chosgair,** -ean, *s.m.* Astronomer 2 Astrologer, star-gazer.
reult-chuirt,** *s.f.* The star-chamber.
reult-iasg,(AF) *s.* Star-fish. 2**Fish with shining teeth.
reum, -a, (AH) *s. m.* Viscuous saliva, rheum secreted in abnormal profusion. 2(DU) Sense, consistency. Cha 'eil r. 'nad chainnt, *your talk is senseless.*
reumach,** *a.* Phlegmy. 2 Afflicted with catarrh. 3 Rheumatic.
reumalachd,** *s.f.* Constancy, perseverance, steadiness. 2 Phlegmatic temperament.
reumail ‡ e, *a.* see réimeil
reumhach, *Skye* for freumhach.
reumnair,**-ean,*s.m.* Traveller wayfacing man,

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

rover, vagabond.
reumhair-achd,** *s.f.* Travelling, wayfaring, roving, roaming.
reusan, -ain, -a n, -an, *s.m.* Reason, cause, motive, argument.
reusanach, -aiche, *a.* see reusanta. 2 Argumentative.
reusanachadh, -aidh, *s.m.* Reasoning, act of reasoning or arguing, ratiocination argument, expostulation. A' r—, *pr. pt.* of reusanaich.
reusanachd, *s. f. ind.* Rationality, reasonableness, reasoning, argument, justness, just grounds, consci nableness.
reusanaich, *v.a.* Reason, argue, ratiocinate, expostulate, think.
reu anaiche, -an, *s.m.* Reasoner.
reusanta, *a.* Endowed with reason, rational. 2 Reasonable, just.
reusontachd, s e reusanachd.
reusantas,** -ais, s m. Ratiocination.
reusbaid,(CR) *s f.* Groove or bed in the keel of a boat to receive the edge of the *fliuch-bhord* or *eàirlinn*, that is, of the first strake or plank. 2 Rascal, beggar's brat, term of contempt—*Arran.*
reusbanadh,(CR) *s.m.* Mal-treatment, ill-usage. Is tu a rinn an r. air, *how badly you have beaten him*, or *used it—Suth'd.*
reuson, see reusan.
reusonta, see reusanta.
ri, *prep.* To, implying similarity or likeness. 2 To, denoting equality of one object with another. 3 To, implying adhesion. 4 To, towards. 5 Denoting attention or earnestness. 6 To, in the direction of. 7 To, unto. 8 To, implying exposure. 9 To, to be, implying possibility. When placed before present participles it changes them into the future passive—an absurd grammatical statement that passes current. 10 Against, in opposition to. 11 At, near to. 12 During, whilst. 13 For, implying expectation or hope. 14 In, denoting employment or occupation. 15 Of, concerning. 16 Up, upwards. 17**With. 18 As, like as. 19* In contact with.

Cho mìn ri mi ici n, *as soft as kid-skin ;* ri d' chluas, *to your ear ;* ri gréin' *(exposed) to the sun ;* ri bruthach, *ascending the acclivity ;* a' cogadh ri gaisg ach, *fighting with a hero ;* bhuail e a cha s ri cloich, *he dashed his foot against a stone ;* ri saorsainneachd, *employed as a carpenter ;* ri 'làimh, *at his hand ;* ri linn Thèarlaich, *in the days of Prince Charles ;* ri là gaoithe, *on a windy day ;* mar dhuilleig ri doinionn, *like a leaf in the blast ;* na caomhaich ri sìth, *the friends at peace ;* gun dùil ri pilleadh, *without hope of returning ;* an rain each ri turram 'sa gha ithe, *the fern whistling in the wind ;* cho ciùin ri aiteal, *as mild as a breath of wind ;* bha 'n righ òg ri móran àbhachd, *the young king was at much pleasure—W.H. 1.12 ;* cha'n 'eil againn ri dol na's fhaide, *we have not to go any further—W.H. 1.14 ;* thà nig e gu aoise dol ri ceaird, *he came of age to learn a trade ;* thàinig e ri a bheatha féin, *he took his own life, committed suicide ;* uibhir ri cach, *as much as the rest ;* beul ri tri miosan, *nearly three months ;* bha e ri tighinn, *he was to come. Ri* in *Lewis* often takes the place of *aig*, as, tha e ri bualadh, *he is striking.*

Compounded thus with the personal pronouns :—

Rium, *to me ;* riut, *to thee ;* ris, *to him ;* rithe, *to her ;* ruinn, *to us ;* ruibh, *to you ;* riu, *to them.*

r ! *int.* see righ !
ria, see rithe.
ria', *prov.* for reub.
ri a'th, *prov.* for reubadh.
riabh, see riamh.
riabhach, -aich, *s.f.* Common lousewort.
riabhach, -aich, *s. m.* Grey or grizzled person. An riabhach mór, *the devil.*
riabhach, -aiche, *a.* Brindled, greyish, grizzled. 2 Brown, drab. 3 Yellow-grey—*Arran.* Bò r., *a grizzled cow ;* sleagh r., *a brown spear.*
riabhag, -aig, -an, *s.f.* Lark. 2††Hedge-sparrow.
riabhagach,†† *a.* Abounding in larks or hedge-sparrows.
sean-chuimhne, *s.f.* Tradition. 2 Genealogy.

sean-chuimhneach,** *a.* Traditional. 2 Genealogical. 3 Having old acquaintanceship.

seanda, see seanndaidh.

seandachd, *s.f.in l.* see seanndachd.

seandaidh,* *a.* see seanndaidh.

seandaidheachd, see seanndachd.

sean-fhacal, -ail, -an, *s.m.* Old saying, proverb, by-word, adage.

sean-fhacalach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, proverbs, proverbial. 2 Fond of proverbs.

sean-fhasanta, *a.* Old-fashioned.

sean-fhasantachd,(MS) *s.f.* Antiqueness.

sean-fhear,** -fhir, *s.m.* Old man. 2 Elder. 3 Presbyter 4 Dotard.

———achd,** *s.f.* Presbyterianism. 2 Dotage. 3 Senility.

seang,(AC) *s* Roebuck, deer.

seang,** *v.a. & n.* Make or grow slender or slim.

seang, -a, *a.* Slender, lank, slender-waisted, slim. 2 Hungry. 3 Lean, hungry-looking, gaunt. 4** Small-bellied. 5**Nimble, agile. A choin sh., *his lean dogs;* a s. chorp, *her slender body;* each s., séiteach, *a small-bellied, snorting steed;* cha tuig an sàthach an s., *the well-fed do not understand the feelings of the famished.*

seangach,** *a.* Slender in body. 2 Slim. 3 Causing bodily slenderness.

seangachadh, -aidh, *s.m.* Act of making slender or attenuating. 2 State of becoming slender. 3**Reducing in shape. A' s—, *pr.pt.* of seangaich.

seangachd, *s.f ind.* Slenderness. 2 Leanness. 3 Hungry look.

seangaich, *pr.pt.* a' seangachadh, *v.a. & n.* Make slender or slim. 2 Reduce in bodily bulk. 3 Become slender, grow gaunt.

seangaichte, *past pt.* of seangaich. Made slender, attenuated.

†seangal, *a.* Wise, prudent. 2 Shrewd.

seangan, -ain, *pl.*-an & -ain, *s.m.* Ant, pismire. 2 Mean fellow. 3 Cross fellow. 4 Cloven stick placed on the tail of a dog suffering from rabies. 5 *in derision,* Slender person. 6 ‖ Small yellow clover—*trifolium minus.* Imich chum an t-seangan, *go to the ant.*

seanganach, -aiche, *a.* Abounding in ants or in

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

2 Small yellow clover. 3 Like an ant. 4 Of ants.
seangalachd,(MS) *s.f.* Slenderness.
†seangan-mhàthair, *s.f.* Great-grandfather's or or great-grandmother's mother.
seangant, *a.* Wily.
seangarra, -airre, *a.* Old-like, having an old appearance. 2 Becoming old. 3 Sagacious. 4* Withered in person.
seangrrachd, *s.f.ind.* Oldishness, old appearance. 2 State of becoming old. 3 Sagacity.
seang-bhoc,(AC) *s.m.* Roebuck.
seang-fiadh,(AC) *s.m.* Roebuck.
†seanghain, *s. m.* Conception, child near the time of its birth.
sean-ghàll,(DU) *s.m.* Wiseacre.
sean-ghille,* see seana-ghille.
————achd, see seana-ghilleachd.
sean-ghnàthach,(MS) *a.* Antique.
sean-sgeulach,(MS) *a.* Antique.
sean-ghin, *s.m. & f.* Child begotten in old age.
sean-lith, *s.* Happiness.
seanmhair, -ar, -airean, *s.f.* Grandmother. 2 2 Aged mother. 3 In some places applied to a brood sow. Am fear a dh' itheas a sheanmhair, faodaidh e a h-eanraich òl, *he that eats his grandmother may sup her broth.* When Farquhar the leech had tasted the "bree" of the serpent, his master, who knew that his apprentice now had his eyes opened to see the secrets of nature, and his ears to understand the language of birds, threw the pan at him in wrath, crying, "Ma dh' òl thu an sùgh, ith an fheòil," *if you have supped the juice, eat the flesh*—N.G.P.
seanmhàthair, -arach & -ean, *s. f.* see seanmhair.
sèanmhor, see seunmhor.
seann, *a.* Old, aged, ancient, antique. [Always precedes its noun, see note under sean.]
seannach, -aich, *s.m.* see sionnach. Cha mhair an s. ri shìor ruith, *the fox cannot hold out a chase for ever.*
seannaeaich,** *v.* Play the fox.
seannachail, -e, *a.* see sionnachail. 2**Meagre.
seannachan,** -ain, *s. m.* Wily fellow, term of personal contempt. 2(AF) Young or little fox.
seannail,** *a.* Sweepy.
seannda, *a.* see seann laidh.
seanndachd,** *s.f.* Antiquity. 2††Seniority. 3* Aged appearance or look, oldness.
seanndaidh,** *a.* Old, antique, old-fashioned. 2 Oldish.
————achd, see seanndachd.
seann-duine,** *s.m.* Old man. 2 The oldest man in a village. Na seann-daoine, *the old men; 2 men of old;* tha e 'na sheann duine, *he is an old man.*
seann-nòs,**s.m.Old custom, old habit or usage.
seann-nòsach, -aiche, *a.* Old-fashioned, fond of old customs, retaining old habits.
seann-radh,** *pl.* seann-ràite, *s. m.* Old saying, adage, proverb.
seann-ràite,*s.pl.* Old sayings. 2 The Book of Proverbs.
seann-ràiteach, *a.* Proverbial.
seanns, see seamhas.
seannsa,** *s.m.* Luck.
seannsail, -e, *a.* see seamhasach.
seannsar,** *a.* Lucky, prosperous.
seannsair, *s. m.* Chanter. 2** Drone of a bagpipe. 3 Pipe. A' gleusadh 'sheannsairean, *tuning his pipes—Donn. Bàn.*
seannsaireach, *a.* Supplied with chanters.
————d,** *s.f.ind.* Chanting.
seannsalair,** *s.m.* Chancellor.
————achd,** *s.f.* Chancellorship.
seann-sgeul,** -sgeòil,*s.m.* Old tale, legend.
seann-sgeulach, -aiche, *a.* Legendary. 2 Archæological. 2 Of, or belonging to, old tales or legends. 4 Skilled in old tales. 5 Fond of reciting old tales or legends.
seann-sgeulachd,** *s.f.ind.* Old tale, tradition, legend. 2 Archæology.
seann-sgeulaiche,** *s.m.* Archæologist.
seannsgeulachd, see seanndachd.
seann-talamh, -aimh & talamhainn, *s.m.* Fallow field, land long unploughed, "old lea."
Sean-Tiomnadh, -aidh *s.m.*The Old Testament.
seann-turach, -aiche, *a.* Well acquainted. 2 Frequenting a particular place.
sèanta, see seunta.
seantaidh, *a.* Senile. 2**Primeval. 3**Primitive.
————eachd,** *s.f.* Primitiveness.
seanntur, -uir, -an, *s.m.* Old acquaintance. 2 Old acquaintance or familiarity. 3 Frequenter of a place.
seap,(MMcD) *s.m.* Gaelic spelling of *shane.*
sèap, *v.a. & n.* Flinch. 2 Sneak, slink. 3 Drag or draw off privately. 4** Pursue closely. 5 **Crouch. Sh. e air falbh, *he slunk away.*
sèap, -a, -an, *s.m.* Long tail. 2 Animal's tail hanging down, as a dog's when cowed. 3* Stealthy, skulking. 4 (DU) Slow person. 5* Skulking or slinking out of battle. Nach b' e tu an s. ! *what a slowcoach you are!* [‡seap.]
sèapach, -aiche, *a.* Having a long or hanging tail. 2 Tawdry, slovenly. 3 Sneaking, slinking. 4 Sly. 5 Clandestine. 6**Crouching. 7**Flinching. 8 (DU) Slow.
sèapach,* -aich, *s.f.* Sly, slinking female. 2 *s.m.* Sly, slinking fellow.
sèapachas, -ais, *s m. & f.* Tawdriness, slovenliness in dress. 2 Habit of sneaking or slinking.
sèapachd, *s.f.* see sèapachas.
sèapadh, -aidh, *s.m.* Flinching, act of flinching. 2 Act of sneaking or slinking. 3 Act of dragging away by stealth. 4**Crouching. A' s—, *pr.pt.* of sèap.
seapail, Gaelic spelling of *chapel.*
sèapair, -ean, *s.m.* Sneaking, slinking fellow. 2 Mean, sheepish fellow. 3 Crouching fellow 4*Poltroon, deserter. A sh! *thou slinking fellow!* cha'n fhuirich ach s., *none but a slinking fellow will stay.*
sèapaireachd,*s.f.ind.*Habit of sneaking or slinking. 2 Meanness.
sèapaiche, *s.f.* see sèapachas.
seapan, see seipeinn.
sear, *s.m.* see ear.
searach,†† -aich, *s.m.* Six-months old beast.
searadair, -ean, *s.m.* Towel. 2 Hand-napkin. 3* Drudge. A' brath s. a dheanamh dhiom, *meaning to make me his drudge.*
sea-ràmhach, see sè-ràmhach.
†searb, seirb, *s.m.* Theft, larceny.
†searbaid,* *s.f.* Boat-thwart.
searbh, *v.a. & n.* Sour, embitter, acidulate. 2 Grow sour.
searbh, -a & -eirbhe, *a.* Bitter. 2 Disagreeable, intolerable. 3 Grievous, distressful. 4 Sour, pungent, acrid, tart. 5 Disgusted. 6 Sharp, severe, harsh. 7 Sarcastic. Measan searbha, *bitter fruits;* tha e s., *it is pungent or acrid;* gnothach s., *a disagreeable business;* tha mi s, dheth, *I am disgusted with it;* 'nuair a bu sh. leam éisdeachd ris, *when I found it intolerable to listen to him.*
searbhach,** *a.* Causing sourness or bitterness.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

2 sharp, severe.
searbhachadh,** -aidh, *s.m.* Act of making bitter. 2 State of becoming bitter. 3 Act of making or growing sharp or severe. A' s—, *pr.pt.* of searbhaich.
searbhachd, *s.f.in l.* Bitterness, acidness, sourness. 2 Harshness, severity. 3(MS) Gall.
searbhad, -aid, *s.m.* Degree of bitterness, sourness, harshness or severity. A' dol an s., *growing more and more sour.*
searbhadh, -aidh, *s.m.* see searbhachadh.
searbhadair, -ean, see searalair.
searbhadas,(MS) -ais, *s.m.* Gall.
searbhadas, -ais, *s.m.* Bitterness, sourness. 2* Disgust, dislike, displeasure. 3 Severity, sharpness. 4 Harshness of taste or sound. Piob ri s., *a pipe making a harsh sound.*
searbhag,(CR) *s.f.* Small-pale-green, sorrel-tasting trefoil growing in cool, shady places—*W. of Ross-shire.*
searbhag, -aig, -an, *s.f.* Bitter draught. 2 Refuse of liquids. 3 Acid. 4* Pickle. 5**Bitter, sarcastic female. 6 (AH) Toil, travail, struggle, difficulty, tough job, perplexity.

623. Searbhag mhilis.

searbhag mhilis,§ *s.f.* Woody nightshade, bittersweet—*solanum dulcemona.*
searbhaich, *pr. pt.* a' searbhachadh, *v.a. & n.* Make bitter, embitter. 2**Acidulate. 3 Become bitter. 4*Disgust. 5 *Tease. Sh. e mi, *he disgusted me, teased me or embittered my life.*
searbhaichte, *past pt.* of searbhaich. Embittered, made bitter, become bitter. 2*Teased.
searbhain muc,§ *s.* Endive, see eanach-gharaidh.
searbhalachd, see searbhachd.
searbhan,** *s.pl.* Oats. 2 (WC) Disgust. Chuir e s. orm, *he disgusted me.*
searbhan, -ain, *s.m.* Tribute. 2(DU) see searbhachd.
searbhan-muice, see eanach-ghàraidh.
searbhanta, -n, *s.f.* Servant. 2 Maid-servant, indoor or outdoor. S. Mhic Dhòmhnuill Dhuibh, (Lochiel's servant)—a name applied to those dry easterly winds which often prevail in September, and are such a good-send to the farmer whose harvest is late. The origin of the connection with Lochiel is not clear.
————chd,* *s.f.ind.* Service. 2 Office of a maid servant. 3** Handiwork of a female servant.
searbhas, see searbhachd.
searbhasachd,** *s.f.* Sourness, bitterness, asperity. 2 Harshness, severity.
searbh-bhriathar,** -air, *s.m.* Bitter saying. 2 Sarcasm.
searbh-bhriathrach,** *a.* Bitter in language. 2 Sarcastic.
searbh-chainnteach, -eiche, *a.* Maledicent.
————d,** *s.f.* Maledicency.
searbhdaich,* *v.* see searbhaich.
————te, see searbhaichte.
searbh-dharach, -aich, *s.m.* Cerrus.
searbh-ghlòir, -e, *s.f.* Vain-boasting, vain-glory. 2 Raillery, sarcastic language, cacophony.
————eachd, *s.f.in l.* Habit of boasting.
searbh-ghlòrach, -aiche, *a.* Boasting, vain-glorious.
searbh-ghuthach, -aiche, *a.* Assonous.
searbhlachd *s.f.* see searbhachd.
searbh-luibh,§ *s.f.* Wormwood, see burmaid. Formerly used instead of hops to increase the intoxicating quality of malt liquors. Chuir e air mhisg mi le searbh-luibhean, *he made me drunken with wormwood.*
searbhòs,** -òis, *s.m.* Deer, roe, stag.
searbh-radh,** *pl.* -raite, *s.m.* Bitter saying, sarcasm, cacophony.
searbh-rànteach,** *a.* Bitter in language. 2 Sarcastic.
searbhta, *past pt.* of searbh. Soured, embittered, acidulated. 2 Pickled.
searbhtach ** *a.* Causing sourness, embittering, acidulating.
searbh-ubhal,** -ubhlan, *s.m.* Tart apple, crab-apple, coloquintida.
searbòs, see searbhòs.
searc, -eirc, see seirc.
†searc, *v.a.* Love.
searcadh, -aidh, see seargadh.
searcag, -aig, -an, *s.f.* see seirceag.
searcail, see seirceil.
searcall, -aill, *s.m.* Flesh. 2 Delicate meat, best part of flesh-meat.
searcan, -ain, -an, *s.m.* see seircean. 2(AC) see seircean-mór.
searcoll,(AF) *s.m.* Flesh of the woodcock.
seardair, see searadair.
†searg, *s.* Consumption.
searg,* *a.* Dry, withered, shrivelled.
searg, -eirg & -a, *pl.* -an, *s.m.* Trifling, insignificant or puny man or beast. 2 Person or beast shrivelled with age or infirmity. 3*Shrivelled or decayed person. 4 (DU) (an t-searg) Disease common to sheep.
searg, *pr.pt.* a' seargadh, *v.a. & n.* Dry, wither, fade, scorch, cause to dry, wither or fade, blast with heat, drought or cold, decay, shrivel. 2 Fade, wither, pine away. Sh. na lusan, *the herbs withered.*
seargach, -aiche, *a.* Fading. 2 Causing to fade or wither, blasting, scorching, withering. 3 Apt to fade wither or become blasted. 4†† Withered.
seargachadh, -aidh, *s.m. & pr. pt.* of seargaich, see seargadh.
seargadair, -ean, *s.m.* Languisher.
seargadh, -aidh, *s.m.* Withering, act of withering or causing to wither, fade, decay or pine away. 2 Blasting, as of corn. 3 Scorching. 4* Fading, pining. A' s—, *pr. pt.* of searg. Air s., *withered;* tha 'n duine sin a' s. air falbh, *that man is pining away.*
seargaich, *pr.pt.* a' seargachadh, *v.a. & n.* Same meanings as searg.
————ear, *fut.pass.* of seargaich.
————te, *past pt.* of seargaich.
seargair,* -ean, *s. m.* Pining person, withered or puny person.
seargan, *s.m.* see searg.
searganach, -aiche, *a.* Withered, dried up. 2 Causing to wither, that withers.
searganach, -aich, *s.m.* Person of shrivelled appearance.
searganta,†† *a.* see searganach.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

seargte, *past pt.* of searg. Dried up, withered, faded, consumed, blasted, shrivelled. Fraoch s., *withered heath.*

searmag, *W. of Ross* for seamrag.

searmaid, see searmon.

searmon, -oin, -an, *s.f.* Sermon, discourse, lecture, pleading. Cionnas a ni iad s ? *how can they preach ?*

searmonach,†† *a.* Abounding in sermons.

searmonachadh, -aidh, *s.m.* Preaching, act or business of preaching. A' s—, *pr. pt.* of searmonaich.

searmonaich, *pr.pt.* a' searmonachadh, *v.a.&n.* Preach, perform the act or office of preaching, lecture, discourse. 2 Harmonize.

searmonaiche, -an, *s.m.* Preacher.

searmonaichte, *past pt.* of searmonaich. Preached.

searn,** *v.a.* Loose, untie.

———,** *s.m.* Youth, stripling.

†searnach,** *a.* Dissolvent. 2 Separable.

†searnadh,** -aidh, *s.m.* Dissolution, separation, loosening. 2 Yawning, stretching of the limbs, extension.

searpan,** -ain, *s.m.* Order. 2 Custom. 3 Swan.

searr, -a, -an *s.f.* Sickle, reaping-hook. 2 Scythe. 3 Saw. 4**Phial. [** gives *s.m.*]

seàrr, *pr. pt.* a' seàrradh, *v. a.* Cut, hack, as with a knife. 2 Reap, mow, shear. 3 Slaughter, kill, make havoc, massacre. 4**Yawn. 5** Stretch the limbs.

searr, (AF) *s.m.* see searrach.

searrach, -aich, *s. m.* Foal, colt. 2 (DC) Colt till housed—*Uist.* 3 Filly. [A Gael considers it a bad omen to have a back view of the first foal or young of any grazing quadruped of that season he sees in any year.] Deich searraich, *ten foals ;* càmhail le 'n searraich, *camels with their foals* ; chunnaic mi s. 's a chulaibh rium, *I saw a foal with its back to me.*

searrach,** *a.* Edged, pointed, sharp, like a hook or scythe.

searrach-ruadh,(AF) *s.* Buzzard.

searrachach, -aiche, *a.* Abounding in foals, colts or fillies. Coire s. uanach, *a dell where foals and lambs abound.*

searrachail, -e, *a.* Like a foal. 2 Slim, small. 3 Slender-footed, as a foal. 4 Abounding in foals.

seàrradh, -aidh, *s.m.* Cutting, act of cutting or hacking, as with a knife. 2 Reaping, act of reaping or mowing. 3 Slaughtering, act of slaughtering. 4 (DMy) (searradh) Stretch of the leg. A' s—, *pr. pt.* of seàrr. Fichead troidh searradh an fhéidh is troidh thar fhichead s. a' mhial-choin, *twenty feet the deer's bound and twenty-one the greyhound's.*

searrag, -aig, -an, *s.f.* Bottle, flask, phial, stoup. 2 Leathern bottle. 3**Cup. 4 Bundle of hay. This is simply a translation of the English phrase "a bottle of hay." (ceannag fheòir.)

searragach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, bottles or phials. 2 Like a bottle or phial. 3 Full of bottles or phials.

searragaich, *s.f.* Pilewort, *cole-wort—*ranunculus ficaria.

searragaich,** *v.a.* Bottle, lay up in bottles.

————te, *past pt.* Bottled, laid up in bottles.

searrag-phòcaid,* *s.f.* Flask.

seàrr-fhiacall, -aill, -an & fhiaclan, *s. f.* Sharp tooth.

seàrr-fhiaclach, -aiche, *a.* Having sharp teeth. 2**Having teeth like a sickle.

seàrr-shuil, -shula, -ean, *s.f.* Squint-eye.

seàrr-shuileach, -eiche, *a.* Squint-eyed.

sèars,‡ *v.a.* Gaelic form of *charge.* 2*Brandish

sèarsadh,** -aidh *s.m.* Charge, as of a gun.

sèarsaich,** *v.a.* Charge or load a gun.

searsa-mach,(CR) *s.m.* Notice to quit—*Perthshire.*

searsanach,‡ -aich, *s.m.* Sheriff-officer.

searthonn,** -uinn, *s.m.* Chief poet. 2 Prince. 3 Art. 4 Knowledge.

seas.** *s.m.* Plank for stepping into a boat. 2 Bench made on a hay-rick by cutting off part of the hay.

seas, *pr.pt.* a' seasamh, *v.a.* & *n.* Stand. 2 Maintain, support, defend. 3 Continue, endure. 4 Profit, avail. 5*Stop. 6**Lust. 7**Stand by. 8††Cause to stand. An s. thu 'nam fhianuis ? *will you stand in my presence;* cò a sheasas tu ? *who will support you ?* s. an còir, *maintain their rights ;* a dh' aindeoin có a sheasadh tu, *in defiance of all that will take your part ;* cha n urrainn mi seo a sheasamh, *I cannot endure this ;* seasaidh mis' thu an còir 's an eucòir, *I will support you, right or wrong.*

seasach,* -aiche, *a.* see seasmhach.

seasachail,** *a.* Ascititious.

sea-achas,** *s.m.* Truce. 2 Sitting. 3 Standing-room.

seasadh, -aidh, see seasamh.

seasaich, (AF) *s.* Barren cow, barren cattle.

seasaidh, *fut.aff.a.* of seas.

seasaidh, (AF) see seasaich.

seasaimh, see seasamh.

seasaireachd,* *s.f.ind.* Penance in church.

seasam, *1st.pers.sing.imp.* of seas. Let me stand. 2 *1st.sing.fut.aff.* of seas. I will stand.

seasamain,** Gaelic form of *jessamine*

seasamh,** *v.* Stand. 2 Rise up. 3 Stop, endure, last.

seasamh, -aimh, *s.m.* Standing, act or posture of standing. 2 State of enduring or continuing. 3 Maintaining, act of maintaining, sustaining, defending. 4 Stability, firmness. 5 Station. 6**Footing. 7**Cessation. 8 Lasting. A' s—, *pr pt.* of seas. 'Na sh., *he standing ;* 'na s., *she standing ;* cha bhi s. an drochbheart, *there is no stability in mischief* ; s. chlaidheimh, *standing on one's head ;* dean s., *stand up ;* air droch sh. chas, *on uncertain footing.*

seasamhach, see seasmhach.

seasamhachd, see seasmhachd.

seasaobhar,** -air, *s.m.* Seat in a boat.

seasamh-claidheamh,(AH) *s.m.* Act of standing on one's head.

seasda,** *s.m.* Defence.

———r,** -air. *s.m.* Defence. 2 Peace, rest, repose, comfort. 3 Pallet, pillow, place whereon to rest.—*Sàr-Obair.*

seasdan,** -ain, *s.m.* Shout. 2 Hunter's cry.

seas-dubh, -duibh, -an-dubha, *s. m.* Ink-stand.

seasg, -a & seasge, *a.* Barren, unprolific. 2 Yielding no milk, dry, not giving suck. 3 Addle. Ni sam bith s. 'nad thir, *anything barren in thy land ;* ciocha seasga, *dry breasts* ; ni mó bhios e s., *neither will he be barren ;* crodh s., *barren cattle, cattle that yield no milk.*

seasg,* *s.m.* Barrenness.

seasg,* *s.m.* Sedge, water-sedge. 2 Burr-reed. A' buain s., *cutting sedge.* [** &†† *gen.* seisg.]

seasgach, -aiche, *a.* Causing barrenness. 2 Barren, see seasg. Beinn sa. nam fuaran, *the barren mountain of springs.*

seasgach, -aich, *s.m.coll.* Cows giving no milk, farrow cattle, barren cattle. 2 Ready place. 3 (DMK) Bachelor. 4** Dry cow. 5 (DU) (an seasgach, *s.coll.*) Young cattle kept on the hill all summer.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

seasgachas, -ais, see seasgaiche.
seasgachd, *s.f.* Barrenness. 2 Herd of barren cattle.
seasgad, -aid, *s.m.* Degree of sterility.
seasgadh (MMcD) *s. m.* The part of an oar between the box and feather.
seasgaich,** *s.f.* Barren cow.
seasgaicne, *s.f.ind.* Barrenness, sterility, state of being barren.
seasgaiche, *comp.* of seasgach.
seasgair, -e, *a.* At ease, in easy circumstances, quiet, comfortable, snug, warm, dry and soft. 2 Sheltered, protected. 3 Effeminate. 4* Settled, still, as calm weather. Bi s., *be quiet;* fan s., *keep quiet.*
seasgair, -ean, *s.m.* One in comfortable circumstances, cosy person. 2 Lazy person 3 Effeminate person. 4** Shelter 5** One who threshes corn by the balk. Is s. thu ri fuachd, *thou art a shelter in the cold.*
seasgaireach, -eiche, *a.* see seasgair. Gu s., *comfortably snugly.*
seasgaireachd, *s. f. ind.* Comfort, ease, quietness, snugness, tranquility, peace, warmth, cosiness. An s, *at ease*; luchd na s., *people in easy circumstances.*

624. Seasgan (6.)



625. Seic. (ill. by MMcD.)

seasgan, -ain & -a, -an, *s m.* Shock or handful of gleaned corn. 2** Gleanings of corn. 3 Truss of gleaned corn. 4 Moorish ground, fenny country 5** Land that has been gleaned 5§ Reed-grass *–arundo phragmitis.*
seasganach, -aiche, *a.* In handfuls or shocks, as gleaned corn. 2 Abounding in gleaned corn.
————, aich, *s m.* Bachelor.
————d,** *s.f.* Celibacy.
seasgann, see seasgan
————ach,** *a.* Marshy.
seasgar,** -aire, *a.* Soft, effeminate. 2 Still, calm. 3 Comfortable. 4 Dry and warm, snug. [also seasgair.]
seasg-bhò, -bhoin, *s.f.* Barren cow, heifer.
seasg-chorp,** -chuirp, *s. m.* Barren body. 2 Constitutional barrenness.
seasg-chorpach, -aiche, *a.* Barren, farrow, unprolific.
seasg-chrodh, *s.f.* see crodh-seisg.
seasglach,** -aich, *s.m.* Barren cattle.
seasglaich, (AF) s. see seasglach.
seas-ghrian, -ghréine, *s. m.* The solstice. 2 Equinoctial line—*Sàr-Obair.*
seasgrach, see seasgach.
seasgta, *a.* Juiceless.
seasmhach, -aiche, *a.* Firm, steadfast. 2 Fixed, established, firm, constant, durable, persevering, enduring, steady, settled. 3 (MS) Agreeable. 4 Positive, in *grammar* 5 (DU) Reliable. Duine s., *a man of his word*, àite-còmhnuidh s., *a fixed abode*; bithidh gach facal s., *every word shall be established.*
seasmhachd, *s.f.ind.* Firmness, steadiness, stability, steadfastness, constancy, durableness. 2 Settled state, as of weather.
seasrach,** -aich. *s.m.* Lad, youth.
seasunta,** *a.* Prosperous
seasuntachd,** *s.f* Prosperity.
seat,** -a, *s. m.* Satiety of food, bellyful. 2 Queen. (seid.)
seathadair,** -ean, *s m.* Skinner.
seathadh, see sèathamh.
†seathadh,** -aidh, *s m.* Skin, hide.
seathaid, *s f.* Sucking ewe.
sèathamh, (6mh.) *a.* The sixth
sèathamh-deug, *a* The sixteenth The substantive is placed between the component parts, as, an t-seathamh chearc deug, *the sixteenth hen*
seathan, (CR) *s.m* Panting, hard breathing. Tha s. air, *he is panting, he is out of breath.*—*W. of Ross-shire*
†seathar, *a.* Strong, able. 2 Good.
†seathar, -air, *s.m.* Library, study.
————ach, *a.* Divine.
sèath-bhaist, -e, -ean. *s.f.* see sèabhaist.
sèath-bhaisteach, -eiche, *a.* see seabhaisteach.
sèathnar, see sèanar.
seath-bhog,§ -bhuig, *s.f.* Marjoram, see oragan.
†secc, *a.* now seac.
secel, -eil, Gaelic spelling of *shekel.*
sè-chasach, *a.* Six-footed.
sè-chearnach,** *a.* Hexangular.
sè-chèarnag,** -aig, *s.f.* Hexangle, hexangular figure.
†sed, (AF) Standard of cows or cattle by which prices &c. were determined, i.e. one milch cow Sed bò dile, *a standard made up of different kinds of live stock.*
†segh, (AF) *s.* Wild ox, buffalo. 2 Moose, elk. 3** Milk.
seib § *s.* Buck-bean, see pònair-chapuill.
seic, (MMcD) *s.f.* Bag of eight pecks for holding grain or meal, made wholly of reeds or *sioman luachair.* A rope was rove through the handles when full and the mouth brought close together. It was like a 2-boll bag of meal in shape—*Lewis.* (ill. 625.
seic, -ean, *s.m.* Flier of a spinning-wheel, the part armed with teeth by which the thread is conducted to the reel. (also teic.)
seic, -ean, *s.m* Rack of a stable, manger.
seic, -e, -ean, *s.f.* see seiche. 2 Bag made of hide or skin 3 The peritonium. 4 The exterior or interior membrane surrounding the brain. 5** Sack-wine 5** Bone. Màm-seic, *a rupture.* In *Argyllshire*, peritonium is *sic*, and rupture *màm-sic.* S. an tairbh, *the skin of the bull*; a dh' aindeoin do sh., *in spite of your skin*
seiceach,** *a.* Having a thick skin or hide. 2 Of a skin or hide.
seiceal, -eil, -cle &-clean, *s.m.* Heckle for dressing flax.
seicean,** *s.m.* Membrane that covers the intestines. 2 Pellicle. 3 Film 4 The skull. 5 The pellicle of the brain.
seiceanach,** *a.* Filmy, having a pellicle.
seich, see seiche.
†seich, *s.m.* Combat. 2 Adventurer.
seiche, (AF) s, Selling cattle.
seiche, -an, -eannan [& -eachan, †† e.g. *Gairloch* —DU] *s.f.* Hide, skin. S. eich, *a horse's skin*; s. mairt, *a cow's skin.*
seicheach, -eiche, *a.* Of, or belonging to, hides

Digitized by INTERNET ARCHIVE
UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

or skins. 2 Like a hide or skin.
seicheadair, -ean, *s.m.* Skinner, currier.
seicheadaireachd,†† *s.f.* Skinning.
seichearnach,* -aich, *s.f.* Tan-work. 2 Cube.
seichim,** *s.m.* Shechem-wood.
seicil, *s.* **Brake. 2††Heckle for flax, flaxcomb.
seicil, *pr. pt.* a' seicleadh, *v.a.* Dress or comb flax. 2* Beat or scold lustily.
seicilte, *past pt.* of seicil. Heckled.
seicle, *s.* Flier of a spinning-wheel. (also séicle)
seicleadh, -eidh, *s.m.* Dressing, act of dressing flax. A' s—, *pr .pt.* of seicil. Lìon air a dneagh sh., *flax well dressed.*
seiclear, -ir, *pl.* -an & -eirean, s.m. Flax-dresser. hackler.
———-, *fut. pass.* of seicil. Shall be combed or dressed, as flax.
———achd, *s.f.ind.* Flax-dressing, hackling.
seicilte, *past pt.* of seicil. Dressed (of flax.)
seicne, -an, *s.f.* see seic.
seicneach, -eich, *s. m.* Stout or corpulent man. 2 Stomachful, full meal.
seid, -e, -ean [& -eachan**] *s.f.* Tympany, swelling of the body from flatulence. 2* Swelling in a person from luxurious living and deep potations. 3 Full meal. 4 Bellyful, surfeit. 5 Bed spread on the floor, pallet, shakedown. 6 Truss of hay, grass or straw. 7 Bench or form to sit on, made of grass or heath. 8** Voluptuousness. 9 Load. [WC gives séid for Nos. 5, 6 & 7.] Nach ann a tha 'n t-seid! *how the fillow is puffed up!* fhuair e a sh., *he got his fill ;* 'na luidhe air s., *sleeping on a pallet ;* s. luachrach, *a bed of rushes ;* sop as gach s., *a wisp from every truss.*
séid, *pr.pt.* a' séideadh, *v.a. & n.* Blow, as the wind. 2 Breathe, breathe upon or into. 3 Blow, drive away by blowing. 4 Pant, puff. 5 Flatter, swell by flattery. 6 Inflate. 7* Instigate, prompt to evil. Sh. e is sh. e, *it blew and it blew ; it blew into a hurricane ;* is tus' a tha 'ga shéideadh, *it is you that instigate him ;* sh. e an cuimeamhh a shròine anail na beatha, *he breathed into his nostrils the breath of life ;* s. suas a' phìob, *p'ay the pipes.*
séid, -ean, *s.m.* Blowing, puff.
seideach, -eiche, *a.* Swollen by tympany. 2 Fat, corpulent. 3 Having trusses of grass, hay or straw. 4 Like a truss. 5 Having beds spread on the ground. 6 Having benches or forms of grass or heath. 7 Lazy, indolent. [WC gives séideach for Nos. 3, 4, 5 & 6.]
séid each, *s.m.* Snorting.
séideach, -eiche, *a.* Blowing, that blows. 2 Boisterous, stormy, windy, blustering. 3 Flattering, blowing up by flattery. 4 Inflating. 5 Puffing. 6(MS) Fustian.
séideadh, -idh, *s.m.* Blowing, act of blowing. 2 Act of breathing upon or into. 3 Act of blowing away or driving away by blowing. 4 Act of panting for breath. 5 Breathing. 6 Act of flattering or swelling by flattery. 7 Inflating, act of inflating. 8 Storm, blast, wind. 9** Puffing. A' s—, *pr. pt.* of séid.
seideag, -eig, -an, *s.f. dim.* of seid. Little bed spread on the floor. 2 Small bench or form made of grass or heather. 3 Small truss of grass, hay, or straw.
séideag, -eig, -an, *s. f.* Light breeze, gentle blowing. 2 see seudag.
seideagach, -eiche, *a.* Having small beds spread on the ground. 2 Having small forms or benches of grass or heather 3 Having small trusses of grass, hay or straw.
séideagach,** *a.* Blowing gently.
séidean, -ein, *s.m.* Blowpipe. 2**Blowing. 3 Blow, puff, panting, anhelation.
†seidean, -ein, *s.m.* Quicksand.
séideil, see séidealach.
seideir,** *s.f.* Cider.
———each,** *a.* Abounding in cider. 2 Of cider.
seidhir, *pl.* -dhrichean, *s.f.* Gaelic form of *chair.* 2**Chaise. S. reidh, *a hired chaise* ; s. dà-làimh, *an arm-chair.*
seidhre, *gen. & pl.* of seidhir.
seidhreach, *s.m.* Settee.
seidhrichean, *pl.* of seidhir.
séidich, *v.a. & n.* Aspirate.
séidlich,** *s.f.* Blowing, panting.
séididh, *fut.aff.a.* of séid.
seidir, -ean, *s.m.* Lumpish fellow, corpulent or clumsy fellow. 2 Lazy, inactive fellow.
séidir, -ean, *s. m* Swell, puffed up fellow.
seidireachd, *s.f.ind.* Lumpishness, stupidity. 2 Corpulency, clumsiness. 3 Laziness, inactivity.
seidirneach, -eich, *s.m.* see seidir.
———-d, see seidireachd.
seidrich, *v.n.* Snort.
séidrich,* *s.f.* Hissing of serpents.
seidrich, *s.f.* Snorting of a horse. 2 Blowing. breathing hard, panting, anhelation. 3**Blustering, as of wind.
séidrich,** *a.* Asthmatical.
séidte, *past pt.* of séid. Blown. 2 Blown away. 3 Puffed up by flattery. 4 Inflated. 5 **Blown up.
†seign, -ean, *s.f.* Hawk.
†seigheann,-inn, *s.m.* Champion, warrior.
†seighear, -eir, -an, *s.m.* Falconer.
†seighnean, -ein, *s.m.* Hurricane, tempest. 2 Lightning.
seilbh,(CR) *s. f.* Herd of cattle at grass, (not used of a drove in *W. of Ross-shire.*)
seilbh, -e, -ean, *s. f.* Possession, property. 2 Herd or drove of cattle. 3 Farm-stock. 4 Propinquity, nearness. 5 see sealbh. Gabh s., *take poseession ;* rach 'na sh., *take him* or *it in hand.*
seilbheach, -eiche, see sealbhach.
seilbheachadh, -aidh, see sealbhachadh.
seilbheachail, -e, *a.* Possessive.
seilbheadair, *s.m.* Abider.
seilbh-ghabhail, see sealbh-ghabhail.
seilbhich, *v* see sealbhaich.
———-te, see sealbhaichte.
seilche,(AF) *s.* Tortoise. 2 Turtle.
seilche, *comp.* of salach, see sailche.
seilcheag, -eig, -an, *s.f.* Snail. 2 Slug. 3 *in derision,* Inactive person.
———-ach, -aiche, *a.* Abounding in snails. 2 Like a snail, snailish.
———-an,** *n.pl.* of seilcheag.
seilcheag-chlaiseach,(AF) *s f.* Striated snail.
seile, -an, *s.m.inl.* [**f.*] see sile. 2(AC) Placenta, after-birth of a hind.
seileach, ** see sileach.
seileach, -ich, -ean, *s.m.* Willow—*salix.* 2 Willow copse. 3 Place where willows grow. Slat seilich, *a willow switch.* (ill. 626 is *salix alba* —white willow.)
seileachan,§ -ain, *s.m.* Mountain willow —*epilobium montanum* The older name *eilig* was retained as well as *seileachan* in *Glenlyon* and elsewhere, one of the hills in that glen being called Creag-eilig from the plant. (ill. 627.)
seileach-an-t-sruth,§ *s.m.* Babyloinan willow—*salix babylonica.*
seileachan-buidhe,§ *s.m.* see lus-na-siothaimh.
seileachan-Frangach,§ *s.m.* Rosebay—*epilobium augustifolium.* (ill. 628.)
seileach-Frangach,‡‡ *s.m.* French willow—*salix*

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

aquatica.

626. *Seileach.*

627. *Seileachan.*

628. *Seileachan-Frangach.*



629. *Seimhean.*

seileachd,(MS) *s.f.* Defluxion.
seileach-geal, *s.m.* Sallow.
seileach uisge, *s.m.* Osier—*Colonsay.*
seileadach, -aich, see sileadach.
seileadach, -aich, *s.m.* Pocket-handkerchief.
seileadan,** see seileadach. 2 Spitting box.
seileag, -eig, an, *s.f.* see sileag.
———ach, see sileagach.
seileann, -inn, -an, see sèalan.
———ach, -aich, see sèalanach.
seilear, -ir, -an, *s.m.* Cellar. [** gives seileir as *nom.*]
———ach, -aiche, *a.* Cellared. 2 Cellular.
seilear-bidh,†† *s.m.* Pantry
seilear-dibhe,* *s.m.* Spirit cellar. ? Public house
seilear iochdrach,‡‡ *s.m.* Under cellar.
seilear-làir,* *s.m.* Vault
seileicheag, see seilcheag.
seileid,** *s.f.* Bellyful, surfeit. 2 Big belly.
seileir, see seilear.
——— each, see seilearach.
seilg,* -e, *s. f.* Hunt, chase, hunting. 2 Venison. 3 What is hunted. Iuran na seilge, *the hunts man.*
——, *gen.sing.* of sealg.
seilich, see silich.
seilicheag, see seilcheag.
———ach, see seilcheagach.
seilide,** *s f.* Snail
seilidh, see seilcheag.
seilisdeir, -ean, *s.m.* Yellow iris, sedge, yellow water-flag see bog-uisge.
seilisdeir-nan-gobhar, *s. m.* Great wood-rush—*Colonsay.*
seilisdeireach, -eiche, *a.* Abounding in yellow iris, yellow water-flag or sedge.
seillean, -ein, -an, *s.m.* Bee heath or field-bee. 2 Teasing request or repetition.
s.-achaidh, *a field bee.*
s.-diomhain, *a drone* or *idle bee.*
s.-lunndach, *a drone bee.*
s.-mòr, *a humble bee.*
s.-nimh, *a hornet.*
s.-seimhid, *a snail.*
seilleanach, -aiche, *a* Full of bees. 2 Teasing, importunate 3 Capricious, flighty
seilleanachd, *s.f. ind.* Caprice.
seilleann,(AF) *s* Ked, sheep-louse, tick, see sèalan
———ach, see sèalanach
seilliunn,** -uinn, *s.m* see sèalan.
seilmeger,(AF) *s m.* Imperfect ram. 2 *contemptuously,* Useless man.
seilt,** *s.f.* Dropping 2 Drivelling, slavering, mucous salivation.
seilteach,** *a.* Slavering, causing salivation, mucous.
seilteachd,** *s.f.* Infirmity of slavering, course of salivation. 2 Ooziness
seilichean, *s pl.* Scrofulous sores.
seil uisge, *s.* Leech
seim, -e, *s f.* Squint. 2 Squinting S. shuileach, *squint-eyed.*
tseim, -e, *s.f* Publishing.
seirmeachd, *s.f. ind.* Sonorousness.
seimh, -e, *a* Mild, tranquil, placid, smooth. 2 Affable, gentle, soft, kind 3 Delicate. 4** Comely. 5** *rarely* Little. 6**Single. 7** Quiet. 'San fhairge sheimh, *in the calm sea ;* s. gu'n robh do thàmh, *soft be thy repose ;* gu s., *quietly, softly ;* na's sèimhe, *more mild.* (also sèamh.)
sèimhe, *s.f. ind.* Mildness, gentleness, quietness, calmness smoothness 2 Kindness 3** Softness 4**Peacefulness.
seimheach, -eiche, *a* Making calm, producing calmness 2 Quiet, calm, mild. 3 see seimh.
sèimheachadh, -aidh, *s.m.* Calming, act of calming, quieting or soothing. A' s—, *pr. pt.* of seimhich.
seimheachd, *s.f.* see sèimhe.
sèimhealachd,(MS) *s.f.* Dispassion, coolness. 2 Delicacy
seimhean § -ein, *s.m.* Bog-rush—*schœnus nigricans*
seimheanachd,* *s.f ind.* Indulgence in ease. 2 Chambering. 3 Effeminate conduct.
sèimhich, *v.a. & n.* Calm, make calm or placid, smoothe 2 Become calm. 3 Adorn. 4 Soothe. 5 Grow kind, soft or gentle.
———te, *past pt.* of seimhich. Calmed, stilled.
seimhide, an *s.f* Snail
seimhidh,(AF) *s.f* Snail, slug.
seimhidh, *a* Subtile
seimh-mheas,** *s m* Mellow fruit.
seimilear, etc. -an, *s m* see similear.
———ach, aiche, *a.* see similearach.
———aich, *v a.* see similearaich
———aichte, *past pt* of seimilearaich, see similearaichte.
seine, see sine.
seimeach,* *s.m.* Pad, donkey. Cha mhò orm thu na s mo air s. a mhathair, *I care as little for you as a donkey cares for his mother.*
seing, see seang.
seimolach,(AF) *s.m.* Nightingale.
seinn, *pr.pt.* a' seinn, *v.a. & n.* Sing, chant, carol. 2 Play on an instrument. 3 Ring as a bell. 4 Report, promulgate, proclaim. Na h-eòin a' seinn, *the birds warbling ;* sh. e an fhiodhall, *he played upon the violin ;* air a' chlàrsach, *on the harp ;* s. an clag, *ring the bell—Inverness*

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

[gliong an clag—*Argyll*] ; air a sh. feadh na dùthcha, *reported through the country ;* droch sh., *bad melody, bad church music.*

seinn, -e, *s.f.* Singing, act of singing. 2 Act of playing upon a musical instrument. 3 Ringing, act of ringing, as a bell. 4 Reporting, act of reporting, spreading a report. 5 Warbling. Là s. do chluig, *the day of thy bell-ringing* (*funeral.*) A' s—, *pr.pt.* of seinn. [** gives *s.m.*]

seinneadair, Irish inflection of seinn.

seinneam, *1st sin). imp.* of seinn. Let me sing.

seinnear,** *fut. pass.* of seinn. Shall be sung.

seinnibh, *2nd. per.pl.imp.* of seinn.

seinnim, (for seinnidh mi) I will sing.

seinnlean, (CR) *Kincardine-on-Oykel & Creich, Suth'd* for seillean

seinnlear,(CR) *Rogart* for seillean.

seinnsearachd, see sinnsearachd.

seinntig, *v.* Gaelic form of *change.*

seinse, *s.* Gaelic form of *change.* Taigh seinse, *a change-house.*

séip, *v.a. & n.* see sèap.

seipealach,** *a.* Having chapels. 2 Of, or relating to, a chapel.

seipear, see sèapair.

seipeil,‡ *s.f.* Gaelic form of *chapel.* 2**Sepulchre.

seipeinn, -ean, *s.m.* Choppin, quart (liquid measure.) [** seipinn.]

seipeinneach,** *a.* In chopins. 2 Containing a chopin. [** seipinneach.]

seipeireachd, see sèapaireachd.

seipinn, see seipeinn.

seirbh, see searbh.

seirbhe, *comp.* of searbh. 2 see searbhachd.

seirbheachd, see searbhachd.

seirbhead, see searbhad.

————as, see searbhadas.

seirbhe-ciùil,** *s.* Dissonance.

seirbhis, -e, -ean, *s.f.* Service, work, labour. 2 Advantage, profit. 3 Use. S. chruaidh, *hard or grievous service.*

seirbhiseach, -ich, *s.m.* Servant, employée. 2 Domestic.

seirbhiseach, -eiche, *a.* Performing work. 2 Useful, profitable, advantageous.

seirbhiseachadh, -aidh, *s.m.* Serving, act of serving or acting as a servant. 3 Working, act of working. A' s—, *pr pt.* of seirbhisich.

seirbhiseachd, *s.f ind.* State or condition of a servant. 2 Business of a servant

seirbhisich, *pr.pt.* a' seirbhiseachadh, *v.a.* Serve, attend upon, as a servant. 2 Work, perform work

seirc, -e, *s.f.* Love, affection. 2 Benevolence, charity, the Christian virtue. 3†† Beauty. Ball seirc, *a beauty spot.*

seirceach, -eiche, see seirceil.

seircealachd, *s.f ind.* Lovingness, charitableness, amiableness, benevolence, kindliness.

seirceag, -eig, -an, *s.f* Beloved female. 2 Benevolent female. 3 Mis ress, sweetheart.

seircean, -ein, -an, *s m* Beloved person. 2 Benevolent person. 3**Jerkin. A s. se a rug i, *the beloved (choice) one of her who bore her.—Song of Solomon.*

seircean-mor,§ *s m.* Burdock, see suirichean-suirich.

seircean-suirich,§ *s.m.* Burdock, see suirichean-suirich. 2 Cleavers—*Colonsay.*

seircear, see seircean.

seirceil, -e. *a.* Affectionate, loving, fond. 2 Benevolent, charitable. 3 Dutiful. Gu s.. *charitably.*

†**seircin,** -e, -ean, *s.f.* Gaelic form of *jerkin.*

seirdean,** -ein, *s.m.* Pilchard. 2 Sardine.

seirdin, see seirdean.

†**seire,**** *s.f.* Food.

seireacan,(AF) *s.m.* Silkworm.

†**seireach,**** *a.* Liberal of food.

seirdeanach,** *a.* Abounding in pilchards. 2 Like a pilchard.

seirean, -ein, -an, *s m.* Shank, leg, particularly a spare or slender leg. 2 One having spare or slender legs. 3(CR) Ankle—*Strathtay & Loch Tay.* 4(MS) Pastern.

séirean,(AH) *s. m.* Wheezing noise made in breathing by an asthmatical person, or by a person running hard.

seireanach, -aiche, *a.* Having small or slender legs.

seirg, *gen.sing.* of searg.

†**seirg,** s. Red clover, see seamrag-chapuill.

seirge, *comp.* of searg

seirgeadh, *s.f.* see seirgeachd.

seirgeachd, *s.f.* Witheredness, dryness.

seirgean, -ein, -an, *s m* Withered or shrivelled person. 2 Sickly or consumptive person. 3** Shrunken form. 4**Jerkin.

seirgleach *s m.* see seirgean.

seirglidh, -e, *a* Withered, wasted.

————,** *s.m.* Withered person.

seirglidheachd, *s.f.ind.* State of being withered or wasted.

seirgne, see seirgneach.

seirgne,** *a.* Sickly

seirgneach, -ich, -ichean, *s.m.* Sickly person, one worn down to a skeleton. 2 Skeleton. 3 **Consumptive person.

seirgniche, see seirgneach.

seiric,** *a.* Strong, able.

seiric, -e, *s.f* Silk, superfine silk.

seiriceach,** *a.* Silken, silky.

†**seiricean,**** -ein, -an, *s.m.* Silk-worm.

seirgniche, see seirgneach.

seirm, -e, *s f.* Noise, musical noise, noise of music. 2 Music, melody. 3 Skill, dexterity, art. 4 Manner, appearance, attitude. 5*Tune, tone, *trim. 6**Peal of bells. Cuir air s., *attune, tune, trim ;* am bheil an clàrsach air s.? *is the harp in tune?*

seirm,‡ *v.* Ring, as a bell.

seirm,(AC) *v.* Follow. Bitheadh e soilleir no doilleir ri seirm, *let it be bright or dark* (*for us*) *to follow*

seirmeach, -eiche, *a.* Making a musical noise. 2 Musical, melodious, sweet. 3 Skilful, skilled.

seirmeadair,* -ean, *s.m.* Precentor 2 Tuner.

seirmeil, -e, *a.* see seirmeach. 2* In trim, tuned, attuned. 3* In a business-like manner.

séirs,* see seurs

séirsealach, -aiche, *a.* Strong, robust. [†seirsealach]

————·—, -aich, *s.m.* Strong, robust man.

————·——d, *s.f ind* Strength, vigour, robustness.

séirsean, -ein, -an, *s.m.* see séirsealach.

————ach, -aich, *s m.* see searsanach. 2** Auxiliary, unhired workman

seirt,** -e, *s.f* Strength, power.

seirteil,** *a.* Strong

seis, -ean. *s.m.* Anything grateful or pleasant to the feelings or senses 2 Sufficiency, enough. 3 One's match or equal. 4 Friend, companion. 5** Satisfaction. 6** Treat, entertainment. 7**Company 8**Anything that agrees ill or well with one. 9†+ Pleasure, delight. Cha d' fhuair Fionn a sheis riamh, *F. never met his match ;* tha do sh. an taic riut, *your match is in contact with you ;* barrachd's a sh., *more than his match.*

séis, -ean *s.m.* Tune, musical air. 2 Noise, tumult, bustle. 3(AC) Dirge. Séis-bhais, *death-*

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

dirge.

séis,(CR) *s.m.* Hum or buzz made by wild bees in their nest when disturbed—*W. of Ross-shire.* 2(WC) Any hissing sound.

†seis, -e, -ean, *s.f.* Skill, knowledge.

seis,(MMcD) *s.* Kind of chest, see ciste-chaol.

séis, *v. W. of Ross* for séist.

séisd, -ean, *s.m.* [*s.f.***] Siege. 2 see séist. Cuir s., *besiege ; fo* sh., *under a siege.*

séisd, *pr.pt.* a' séisdeadh, *v.a.* Besiege, invest. 2 Straiten, reduce to difficulties.

séisd, -e, -ean, *s.f.* see séid.

séisdeach, -eiche, *a.* Besieging, investing. 2 Straitening, reducing to straits or difficulties.

———-d,** *s.f.* State of being besieged, siege. 2 Act of reducing to straits or difficulties. 3 Act of surroun ling or besetting. 4**Frequent or continued besieging. A' s—, *pr. pt.* of séis !.

séisealadh, -idh, *s.m.* Besieging, siege. 2 Act of reducing to straits or difficulties. 3 Act of surrounding or besetting. A' s—, *pr pt.* of séisd.

séisdear,** *s.m.* Besieger.

seisdeil, *a.* Mild.

séisdeil,‡‡ -e, *a.* Of, or belonging to, a siege.

séisdich,(MS) *v.a.* Beleaguer.

seise,* see seis.

séiseach, -eich, -ean, *s.m.* Timber couch or oblong woollen chair to lean upon, sofa.

seiseach, -eiche, *a.* Pleasurable, agreeable. 2 Satisfying. 3 Cheerful, delightful. 4 Libidinous.

séiseach,** -eiche, *a.* Noisy, tumultuous.

seiseachadh, -aidh, *s. m.* Act of satisfying, as with food. 2 Act of entertaining or treating. 3 Matching, act of matching or being suitable. A' s—, *vr.pt.* of seisich.

seiseachd, *s. f.* Sufficiency, 2 Entertainment, treat. 3** Pleasure, delight. 4**Sensuality.

séiseachd,** *s.f.* Noisiness.

†seiseadh, *a.* The sixth.

seisean -ein, -an, *s. m.* Kirk-session, a petty court in the kirk, consisting of the minister who presides, the parish schoolmaster who acts as clerk, and the elders, the lowest ecclesiastical court. 2 Court assizes. 3 Session of a college. Cuir air an t-seisean, *summon before a kirk-session.*

———ach, *a.* Pertaining to sessions or assizes.

seisear, *s.coll.* Six persons, see seathnar. Éireadh s. ghleusta, *let six active men rise—Mac Mhaigh. Alasdair.*

seiseil,** *a.* Pleasant. 2 Humane. 3 Mild.

†seiseilbh, *s.f.* Talk, discourse.

seisg,§ *s.f.* Sedge, bog reed—*carex.* 2 (AC) see seis.

seisge, *s.f.* Dryness.

seisgeach,** *a.* Sedge, abounding in bog-reeds.

seisgeach, see seasaich.

seisgead,** -eid, *s.m.* Barrenness.

seisgeann,** -einn, *s.m.* Fenny country. 2 Extended marsh. 3 Bog-reed.

seisg-madaidh,§ *s.f.* Upright bur-reed—*sparganium simplex.* [**Great bur-reed—*sperganium erectum.*]

seisg-mheirg,§ see seisg-rìgh.

seisg-rìgh,§ *s.f.* Branched bur-reed, bede-sedge —*sparganium ramosum.*

seisich, *pr.pt.* a' seiseachadh, *v.a. & n.* Satisfy, as with food. 2 Entertain, treat well. 3 Match, cause to fit. 4 Match, suit.

seisichte, *past pt.* of seisich. Satisfied, as with food. 2 Entertained, well treated. 3 Matched, fitted. 4 Matching, fiting.

seisir, see seisear.

seis-madraidh, see seisg-madaidh.

630. Seisg-madaidh.

631. Seisg-rìgh.

seisreach, -eich, -ichean, *s. f.* Plough with six horses. 2 Team of horses. The team was reduced successively from six to four, and then to two, and the word keeping pace with the reduction is now applied e.g. in *Arran, W. of Ross Lorn, &c.* to a pair of horses. The six-horse plough was in use in Ireland about 1000 A.D. and was employed in Scotland till a comparatively recent date. It was also in use in England in the lifetime of persons now living. The wooden plough continued in use well within living memory, but that was probably of an improved type. The horses were yoked abreast in the same manner as in the four-horse ploughs used in Sutherland and Caithness in the middle of the 12th. century. The elder-wood was considered superior to all other kinds for making the working parts of a wooden plough. S. fearainn, *a ploughland.*

seisreach, AF) *s.* Allowance of milk for six persons —one gallon.

seisreadh, see seisreach.

seisreinn,(CR) *s. f.* Carucate, plough-land, as much land as can be tilled with one plough in a year.

séist, -ean, *s.m.* Melody of a tune. 2 Chorus or refrain of a song. 3 Tune, ditty, 4 Sneer. Òran air an t-séist cheudna, *a song set to the same tune.*

seist, -ean,** *s.m.* Bed, couch. S. luachrach, *a bed of rushes.*

séisteach, -eiche, *a.* Melodious, sweet, as a tune. 2 Having many tunes or ditties. 3 Fond of singing tunes or ditties. 4 Sneering.

séit, see séid.

séiteach, see séideach.

seiteach,** -eiche, *s.f.* Wife.

seiteicean,(AF) *s.m.* Silkworm.

seithe, see seiche.

seithir, -thre, -thrichean, *s.f.* see seidhir.

séitrich, -e, *s.f.* see séidrich.

†seo, *s.m.* Substance.

seo, *dem. adj.* This, these. An duine s., *this man ;* an nighean s., *this girl ;* na daoine s., *these men.* [Generally spelt *so*, but as *seo* represents the modern pronunciation and is the old form, it is used in this work.]

seo, *pron. & int.* Here, see here, take it, used in handling or offering anything to another, also used in addressing one when a thing is about to be done or attempted. [Generally spelt *so*, but as *seo* represents the modern pronunciation, and is the old form it is used in this work.]

Seo, seo, falbhamaid, *come, come let us go ;* rinn mi mar seo, *I acted thus ;* c' ar son seo? *why so ?* mar seo, *in this manner ;* an seo, *here;*

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

gluais as an seo ! *leave this place, be off !* ; mar seo is mar siod, *in this way and that way;* gus an seo, *till now* ; gus an seo bu treun e, *till now he was valiant* ; o 'n àm seo, *henceforward, hence* ; seo agad e ! *here you have him* (or *it*) ; thoir á seo e, *take him hence* (or *away*); seo mar a ni thu, *thus will you do* ; an seo 's an siod, *here and there.*

seobhag, see seabhag.

seòbhgan, for seabhagan—*Òran nam fineachan.*

seòc, -eòic, -an, see seòcan.

seocach,** *a.* Plumed, plumy, as a helmet.

seocail, -e, *a.* Active. 2 Portly and tall. 3 Having a proud gait. 4 Precocious. S. air mo chasan, *active on my feet.*

seocair,* -ean, *s.m.* Portly fellow.

seòcair,(MS) *s.m.* Falconer.

seocalachd,* *s.f.ind.* Portliness and tallness.

seòcan, -ain, -an, *s.m.* Plume of a helmet. 2 Helmet. S. air 'aghaidh, *a plume* (or *veil*) *on his face.*

seoc-da-leig,** *s.* Kind of clasp-knife. A corruption of the name John de Liege its inventor.

seocnaidh,(WC) *a.* Lazy and canny.

seochlan,-ain,-an, *s.m.* Feeble person, one who performs any service feebly or awkwardly. 2 Pithless fellow. 3 Old man. 4††Staggering person.

————ach, -aiche, *a.* Feeble, pithless. 2 Performing any service feebly or awkwardly. 3†† Staggering.

————achd, *s.f.ind.* Feebleness. 2 Performing of any service feebly or awkwardly. 3 Pithlessness. 4††Staggering.

seòd, -òid, *s.m.* Jewel. 2 *often figuratively,* Hero, valiant man, chief, warrior. †3 (AF) Cow as property. 4 Cow with calf. 5 (AF) Deer.

seòd, see seud.

seòd-ghabhta,(AF) *s.m.* Cow with calf.

seòg,(AF) *s.f.* Little falcon. 2 Merlin.

seòg, *pr.pt.* a' seògadh, *v.a.* Swing to and fro. 2 Dandle. 3 Jog. 4** Shake laterally. 5**Hobble. 6 (CR) Fly—*Arran.*

——ach, -aiche, *a.* Swinging anything to and fro. 2 Dandling 3 Pendulous. 4 Shaking. 5 Vibrating.

——adh, -aidh, *s.m.* Swinging, act of swinging to and fro. 2 Dandling, act of dandling. A' s—, *pr.pt.* of seog.

seògain, see seòg.

seogal, -ail, see seagal.

seogan, -ain, *s.m.* Swinging or pendulous motion. 2 Hobbling.

seòganach, see seògach.

————d, *s.f.* Same meanings as seògan.

seòganaich, -e, *s.f.* Same meanings as seògan.

†seòid,** *a.* Strong.

seoid, *gen sing.* & *n.pl.* of seòd. [** gives it as *nom.* too.]

seòighn, *a.* Rare, superior, out of the common order, eccentric—*Sàr-Obair.*

seòin, *s.* Feast—*Suth'd.*

seòl, -òil, -an, *s.m.* Method, mode or way of doing a thing. 2 Way, means, opportunity 3 Aim. 4 Direction, instruction, guidance. 5 Expedient. 6**Shawl. Air s. eile, *by another method* ; gun s. air dol as, *having no way of escape* ; an s. ceart, *the proper method;* s. labhairt, *a manner of speech, an idiom* ; air an t-seòl seo, *in this manner* ; cuir s. air, *arrange, make preparation, set in order* , thoir s. dha, *direct him;* s. teichidh, *a way to escape;* cha'n 'eil s. air biadh fhaotainn, *there is no way of getting food—W.H., 1. 17.*

seòl, siùil, siùil, *s.m.* Sail. 2**Ship. Bràigh-sh., *a top-sail* ; chunnaic sinn s., *we saw a sail* ; s.-mullaich, *top-gallant* ; s. spreòid, *a jib* ; s. beag toisich, *a jib* ; prìomh-sh. *or* s. mór, *a mainsail* ; s. toisich, *a fore-sail* ; siùil dualla, *topsail and jib* ; s. uachdrach, *topsail* ; s. meadhonach, *a mainsail* ; m' anam mar sh. 'san doinionn, *my soul like a sail in the storm* ; cranu-siùil, *a mast* ; thog iad an siùil, *they hoisted their sails* ; s. eiun, *jib.*

NAMES OF PARTS OF A SAIL :—

[Gaelic names not marked are from DMy.]

1 Am pic, an coise *gaff*
2 Lubach. Cainb-a'-mheurain,(AH) *cringle.*
3 Sgòd thoisich, *clew.*
4 Bonn, *foot.*
5 Ceann, *head.*
6 Taom, *luff.*
7 Ceanglaichean, *reef-points.*
8 Cranu-sgoide. Slat-bhuinn,(AH) *boom.*
9 Ball toisich. Cluas an t-siùil,(AH) *tack.*
10 Ball deiridh. Leud deiridh(AH) *afterleech.*
11 Sgod dheiridh, *clew-piece.*
12 (MMcD) Corse, the part between upper reef-points and yard—*Lewis.*
13 (MMcD) During very bad weather when the end of the yard is tied to the foot of the mast and the point of the yard hoisted, it is called *a' chrois—Lewis.*

seòl, *pr.pt.* a' seòladh, *v.a.* Sail. 2 Navigate, guide a vessel. 3 Float. 4 Direct, guide, conduct. 5 Instruct. 6 Point out, show. S. an rathad dha, *show him the way* ; sh. siun, *we sailed.*

†seòl, -oil, -an, *s.m.* Weaver's loom. 2 Bed. 3 Pasture.

seòlach, -aiche, *a.* Having many sails. 2 see seòlta.

seòlach,‡‡ -aiche, *a.* Guiding, directing. 2 Willing to guide. 3 Having many expedients, ingenious, shifty.

seòladair, -ean, *s.m.* Sailor. 2 Steersman, navigator.

————each, -eiche, *a.* Nautical.

————achd, *s.f.ind.* Sailing, act or process of sailing. 2 Seafaring life. 3 Art or business of a sailor. 4 Navigation, steering, sailing. Bha s. cunnartach, *sailing was dangerous.*

seòladh, -aidh, *s.m.* Sailing, act of sailing. 2 Act of guiding or navigating a ship. 3 Directing. 4 Act of directing, teaching, pointing or showing. 5 Instruction, direction. 6**First semi-metre of a verse. 7 Floating. A' s—, *pr.pt.* of seòl. 'Gam sh., *directing me* ; air s., *afloat.*

seòlaid, *s. f.* Pier, haven. 2 Passage for vessels—*Dàin I. Ghobha.* 3 Anchorage, harbour —*Sàr-Obair.* 4(DC) Fairway in the sea—*Uist.*

seòlaireachd, Same meanings as seòladaireachd.

seòlam, *1st. sing. imp.* of seòl. Let me sail.

seòlaim, *Irish* form of *fut. aff. a.* (for seòlaidh mi) I will sail.

seolas, (DMy) *s. m.* Passage for boats cleaned of stones.

seòl-bhacadh,** *s.m.* Embargo.

seòl-bhàt,** -aichean, *s.m.* Pilot-boat.

seòl-bhat,** -aichean, *s.m.* Goad, staff for driving cattle.

seòl-chrann, -chroinn, *s.m.* Mast.

seòl-chrannach, -aiche, *a.* Masted, having a mast or masts 2 Having high masts.

seòl-chuois, *s.* Footboard or treadle of spinning wheel.

seòldair, see seòladair.

seòlldirt, *s.m.* Phrase in *gram.*

seòl-mara, -ùil-, *pl.* siùil-mh *or* -an-m-, *s.m.* Side current. 2** Tide. 3(WC) Ebb tide. 4(WC) Full tide. Fad an t-siùil-mara, *the whole time of the tide.*

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

seòl-meadhon, *s.m.* Mainsail.
——— ——— ach, see seòl-meadhon.
seòlta, *a. & past pt.* of seòl. Instructed, directed, taught, guided. 2 Methodical, set in order, arranged. 3 Ingenious, having expedients. 4 Prudent, wise, cautious. 5 Cunning, crafty, artful, wily. 6 Skilful. Gu s., *wisely, prudently ;* buineamaid gu s., *let us deal wisely.*
seòltachd, *s.f.ind.* Method, arrangement. 2 Ingenuity. 3 Prudence, caution. 4 Craftiness, wiliness. 5 Skilfulness, skill.
seòltaiche,(AC) *s.m.* Cunning man.
seòltair,(MS) *s.m.* Lagger.
seòlt-charach, -aiche, *a.* Insinuative.
seoma-guad, see seama-guad.
seòmair, *gen.sing.* of seòmar.
———eachd, see seòma laireachd.
seomalta, *a.* see somalta.
seòmar, -air [& -mrach—not a good form,] *pl.* -mraichean, *s.m.* The apartment or division of a house among the poorer Highlanders considered the principal one, "the room." 2 Chamber, room.
——— -aghaidh, *s.m.* Front room. 2 Ante-chamber.
——— -aoidheachd,‡‡ *s.m.* Dining-room, banquet-room.
——— -aodaichaidh,** *s.m.* Vestry, robing room.
——— -àraich, *s.m.* Nursery for children.
——— -biadhtachd,* *s.m.* Dining-room.
——— -beòil, *s.m.* Front room.
——— -bìdh, *s.m.* Larder.
——— -cadail,* *s.m.* Bedroom.
——— -cloinne, *s.m.* Nursery.
——— -cuideachd,* *s.m.* Drawing-room.
——— -cùil,* *s.m.* Back room.
——— -culaidh, *s.m.* Vestry.
——— -dìomhair, *s.m.* Consulting room.
——— -éididh, *s.m.* Dressing-room.
——— -feòla, *s.m.* Larder.
——— -gnothaich, *s.m.* Business-room, office.
——— -leabhraichean, *s.m.* Library.
——— -leapach, *s.f.* Bedroom.
——— -luidhe, *s.m.* Bedroom.
——— -marsantachd, *s.m.* Shop, ware-room
——— -mòid, *s.m.* Court-room, court of justice
——— -mullaich, *s.m.* Upper room, garret.
——— -samhraidh, *s.m.* Summer parlour.
——— -stuidearachd, *s.m.* Study.
——— -suidhe, *s.m.* Sitting-room.
——— -taobh, *s.m.* Ante-chamber.
——— -toisich, see seòmar-taobh.
seòmarach, -aiche, *a.* Having many rooms or chambers. 2 Cellular, vascular.
———d, *s.f.ind.* see seòmradaireachd.
seòmrach, see seòmarach.
seòmradair, -ean. *s.m.* Chamberlain, treasurer. 2 Intriguer, rake, chamberer.
———eachd, *s.f.* Office of chamberlain or treasurer. 2 Chambering, rakishness.
seòmraichean, *pl.* of seòmar.
seonadh,** -aidh, *s.m.* Augury, sorcery. 2 Druidism. Martin says that *Seonaidh* is the name of a water-spirit which the inhabitants of Lewis used to propitiate by a cup of ale in the following manner. They came to the church of St. Mulway, each man carrying his own provisions. Every family gave a pock of malt, and the whole was brewed into ale. One of their number was chosen to wade into the sea up to his waist, carrying in his hand a cup filled with ale. When he reached a proper depth, he stood and cried aloud "Seonaidh, I give thee this cup of ale, hoping that thou wilt be so good as to send us plenty of seaware for enriching our ground during the coming year." He then threw the ale into the sea. This ceremony was performed in the night-time. On his coming to land, they all repaired to church, where there was a candle burning on the altar. There they stood still for a time, when, on a signal given, the candle was put out, and straightway they adjourned to the fields where the night was spent mirthfully over the ale. Next morning they returned to their respective homes, in the belief that they had insured a plentiful crop for the next season.
seona-saobha, see seonadh.
seorast, s Prop.
seorbh, see searbh.
seorpan,(MS) *s.m.* Politician.
seòrsa, -chan, *s.m.* Sort, kind, genus, species.
seòrsach,†† *a.* Abounding in sorts.
———adh, -aidh *s.m.* Arranging, act of arranging or classifying. A' s—, *pr.pt.* of seòrsaich.



632. Seòrsa còinnich.

seòrsa còinnich,§ *s.* Mossy cyphel—*cherleria sedoides.* [Plentiful on Ben Lawers.]
seòrsaich, *pr. pt.* a' seòrsachadh, *v. a.* Arrange, classify, sort.
———te, *past pt.* of seòrsaich. Arranged, classified.
seòrsia, see seòrsa.
seot, -a, *pl.* -aichean & -achan, *s.m.* Short tail, stump of a tail that remains after docking. 2 Encumbrance, impediment. 3 Lean beast, "shot," rejected animal, the worst beast. 4†† Refuse of sheep.
seot, *v.a. & n.* Sprout, as greens. 2 Pick the best. Sh. an cal, *the greens sprouted.*
seotach, -aiche, *a.* Having a short or docked tail. 2 Embarrassed, encumbered. 3 Untidy, slovenly. 4 Lazy, indolent. 5 Dull.
seotaiche, *s.f.ind.* Untidiness, slovenliness. 2 Laziness, indolence. sloth.
seotair, -ean. *s.m.* Slovenly or untidy fellow. 2 Lazy fellow, drone. 3 Lounger.
———eachd, *s.f.ind.* Slovenliness, untidiness. 2 Laziness, indolence.
seotal, *s.m.* Small receptacle in stock of spinning-wheel in which the first filled pirn is kept till the other is ready for being reeled with it. It is also used for other purposes. (*shuttle.*) 3 (DU) Small box-shaped compartment with a lid, in one end of a trunk or chest, for keeping papers, &c.
seotanachd. Same meanings as seotaiche.
seotanta, -ainte, *a.* see seotach.
———chd, see seotaiche.
seothag, -aig, -an, *s.f.* see seabhag.
seothan,(CR) *Arran* for seathan.
sè-ràitheach,(CR) *s.m.* Gimmer, six-quarter-old sheep—*W. of Ross-shire.*
sè-ràmhach,* -aiche, *a.* Six-oared.
———,* -aich, *s. m.* Six-oared galley, felucca.
†serg, see searg.
sésean, *s.m.* Dawn. Bha mi air mo chois an s.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

na maidne, *I was up at dawn—Lewis.*
sè-shlisneach, *a.* Hexagonal.
————-——,** *s.m.* Hexagon, cube.
sé-shlisneag, -eig, -an, *s.f.* Hexagon, hexagonal figure.
seth, (*i.e.* gu seth) *adv.* Severally. 2 Moreover, also, likewise. 3 (with a negative preceding) Neither.
seth,(MS) *s.* Purport.
sè-thaobhach, *s.m.* Cube, hexagon.
————-——, *a.* Hexagonal.
seubh, see seabh.
seubhas,* -ais, *s.m.* Wandering, as beasts.
seuchd, -a, -an, *s.m.* Mantle, covering, tunic.
seud, *pl.* -an & seòid, *s.m.* Jewel, precious stone, 2 Darling. 3 Reward. 4*Thing, nothing. 5 Hero. 6** Instrument. 7**Way, path. Cha 'n 'eil s. math air, *it is not worth anything;* gach s. a th' agam, *everything I have;* cha bhi s. ort, *nothing will be wrong with you;* s. suiridh, *a love-token;* mar sh. ghointe, *like a destructive instrument;* seudan òir is seudan airgid, *jewels of gold and jewels of silver.*
seudach, -aiche, *a.* Abounding in jewels, jewelled. 2 Like a jewel or precious stone.
————adh, -aidh, *s.m.* Adorning, act of adorning with jewels. A' s—, *pr. pt.* of seudaich.
————an, -ain, -an, *s.m.* Jeweller. 2 Jewel-box. 3 Jewel-house, museum.
seudag, -aig, -an, *s.f.* Little jewel, charm. 2 Excellence.
————ach, -aiche, *a.* Abounding in little jewels. 2 Like a little jewel.
seudaich, *pr.pt.* a' seudachadh, *v.a.* Adorn with jewels, garnish, bestud.
————te, *past pt.* of seudaich. Adorned with jewels.
seudail,†† *a.* Abounding in jewels. 2 Pertaining to jewels.
seudair, -ean, *s.m.* Jeweller, 2 Cedar-tree.
————eachd, *s.f.ind.* Setting of jewels. 2 Making of jewels, occupation of a jeweller.
seud-Chaluim-Chille, *s.m.* St. John's wort, see eala-bhuidhe.
seud-ghlasaidh, -an-g-, *s.f.* Locket.
seud-lann, -ainn, -an, *s.m.* Jeweller's shop. 2 Casket. 3 Jewel-house, museum.
seudraidh, *s.f.coll.* Jewels. 2 Collection of jewels.
†seughal, -ail, see seula.
seul, see seula.
seul, *pr.pt.* a' seuladh, see seulaich.
seula, -n & -chan, *s.m.* Seal, stamp. 2 Impression of a seal. 3 Any mark or impression. 4 Resemblance, likeness.
seulach, -aiche, *a.* Sealing. 2 Having seals. 3 Like a seal. 4 Of seals. 5 Sealed.
————adh, -aidh, *s.m.* Sealing, act of sealing. A' s—, *pr.pt.* of seulaich.
seulaich, *pr. pt.* a' seulachadh. *v.a.* Seal, mark with a seal. 2 Mark, bestow a mark.
————ear, *fut.pass.* of seulaich. Shall be sealed.
————te, *past pt.* of seulaich. Sealed.
seulta, *past pt.* of seul. Sealed.
seum,* see sèam.
seumadair,* see sèamadair.
seumaich,* see sèam, *v.*
seumalair, see seumarlan.
seumar, see seòmar.
seumarlan, *s. m.* Factor, Gaelic spelling of *chamberlain.*
————achd, *s.f.* Factorship.
Seumasach,** *s.m.* Jacobite.
seumas ruadh,¶ *s. m.* Puffin—*Barra.* 2 (AF) Coulterneb.
seun, *v.a.* Defend by enchantment. 2 Avoid, shun. 3 Forbear, refrain. 4 Refuse, deny. 5 Cross, make the sign of the cross. 6 Bless. 7 Make sacred. 8 Conceal. 9 (MS) Admonish. 10**Defend from the power of enchantment. 11(MS) Recant. Sh. na h-òighean, *the maidens forbore;* sh. a' ghealach i féin fa neulaibh, *the moon concealed herself under a cloud.*
seun, -a, *pl.* -an & -tan, *s.m.* Charm for protection, spell, charm, amulet. 2 Protection. 3 Denial. 4 Sign of the cross. 5**Prosperity, good luck.
seunach, -aiche, *a.* Of, or belonging to charms or enchantments. 2 Like a charm or amulet. 3 Having magical power or virtue. 4 Defending by enchantment, or 5 from enchantment. 6 Concealing. 7 Apt to conceal one's self. 8 Denying, apt to deny or refuse. 9 Avoiding anything as if enchanted. 10 Forbearing. 11 Conjuring.
————d, *s.f.ind.* The power of charms or enchantment. 2 Defence by enchantment. 3 Defence from enchantment. 4 State of being defended by enchantment. 5 Refusal, denial. 6**Forbearance.
seunadair, -ean, *s.m.* Charmer, one using charms or enchantments 2 Conjurer. 3**One who refuses. 4 Defender from enchantment.
————eachd, *s.f.ind.* Using of incantations, conjuring, enchantment, charming.
seunadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Act of defending by charms or enchantment. 2 Defending from enchantment, charming, augury, druidism. 3 Act of avoiding anything as if defended by incantations. 4 Denial, refusal. 5 Act of denying or refusing. 6 Hiding. 7 Act of concealing. 8 Sense, intellect. 9 Meaning. 10 Blessing. 11 Forbearing. A' s—, *pr.pt.* of seun. Tha mi 'gam sh., *I am crossing myself;* cha ghabh mi s. no àicheadh, *I will be neither refused nor denied.*
seunail, -e, *a.* Happy, prosperous, fortunate. 2 Like a charm or incantation. 3 Happy, prosperous. [or lucky.
seunalachd, *s.f.ind.* State of being prosperous
seunan,(*i.e.* breac-sheunain) *s.pl.* Freckles.
seunas,* -ais, *s.m.* Beauty-teeth.
seun-bholadh,** -aidh, *s.m.* Stench.
seun-Chaluim-Chille,(AC) *s.m.* St. John's wort. (St. Columba's charm.)
seunmhoire,** *comp.* of seunmhor.
seunmhor, -oire, *a.* Enchanted. 2 Having magical or enchanting power. 3 Using charms or enchantment.
————achd, *s.f.ind.* Magical power. 2 State of being enchanted.
seunsail,(DC) *a.* Risky, open to the influence of enchantment.—*Uist.*
seunta, *a. & past pt.* of seun. Enchanted defended by enchantments or charms, charmed, bewitched. 2 Defended from enchantment. 3 Avoided as being enchanted. 4 Blessed, sacred. 5 Concealed, hidden. 6 Denied. 7 Fortunate, lucky. 8 Auspicious, in a superstitious sense.
seuntachd,‡‡ *s.f.ind.* Inviolability.
seuntas, -ais, *s. m.* Charm, enchantment. 2 Magical power. 3 State of being defended by charms or enchantment. 4 Propitiousness, in a superstitious sense. 5** Denial, concealment. 6**Stench.
seup, *v.* see sèap.
seurs, *v.* see sears.
seusar,* -air, *s.m.* Acme, perfection, height or utmost point. An s. a' chluich, *in the heart* or *middle of the thing.*
seusrach,* -aiche, *a.* Mettlesome, in high condition, as a horse.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

's fheudar, *v. impers. & def. past.* It behoveth, it must be, it must be so. See also éigin.
sgà, see sgàth.
sgab, Gaelic form of *scab.*
sgab, see sgap.
sgabach, -aiche, *a.* Scabby, scabbed.
†sgabadh, -aidh, see sgapadh
sgabag, -aig, -an, *s.f* Cow killed for winter provision. 2 Beef *prov*
———an, *n.pl.* of sgabag. Beeves.
sgabaiste, -an, *s.m.* Anything pounded, macerated or hashed. 2**Robbery, felony, rapine. [** *s.f.*]
———ach, -eiche, *a.* Pounded, bruised, hashed. 2**Committing robbery or rapine, felonious. Gu s., *feloniously.*
———achadh, -aidh, *s. m.* Pounding, act of pounding, beating down, mashing. A' s—, *pr. pt.* of sgabaistich.
sgabaistich, *pr. pt.* a' sgabaisteachadh, *v. a.* Beat down, pound, mash.
———-—te, *past pt.* of sgabaistich. Beaten down, pounded, mashed.
sgaball, -aill, -an, *s. m.* Helmet, head-piece, hood. 2**Guard for the shoulder used by the ancient Caledonians. 3**Scapular. 4**Cauldron. [* gives *s.f.* for No. 1.]
———ach, -aiche, *a.* Wearing a helmet hood or headpiece. 2 Like a helmet.
———ach,** -aich, *s.m.* Wardrobe keeper.
sgabar,** *a.* Thin.
sgàbard, -aird, -an, *s.m.* Gaelic form of *scabbard.* (truaill.)
———ach, -aiche, *a.* Having a sheath. 2 Like a sheath
sgabh, -aibh, *s.m.* Saw-dust.
———ach, *a.* Abounding in saw-dust.
sgabhaiste, *s.f.* Good. †2 Advantage.
sgàbhal,** -ail, -an, *s.m.* Scaffold. 2 Booth, hut, shop. 3 Screen covering the entrance to a door.
sgàbhal,** -ail, -an, *s. m.* Cauldron, kettle. 2 Baking-trough. 3 Large bowl.
sgabhrach, -aich, *s.m.* Club-footed man.
———, -aiche, *a.* Club-footed. 2 Splay-footed.
———d, *s.f.* Infirmity of a club-foot or splay-foot.
sgabhrag, -aig, -an, *s.f.* Splay-footed woman. 2 Club-footed woman.
sgabhraiche, *s.f.ind.* Club-footedness.
sgabull, -uill, see sgaball.
sgabullach, see sgaballach.
's gach, And each, and every.
's gach, In each, in every. 'S gach àm, *always, at every time.*
sgad, -aid, -an, *s. m.* Loss, mischance, misfortune, grief, woe, ruin. 2 see sgat. Mo s, ! *woe's me! my ruin!*
sgadadh, -aidh, *s.m.* Scissure.
sgadan, -ain, *s m.* Herring—*clupea harengus.*
s. bleac, *pale or shotten herring.*
s. blia, see s. bleac.
s. garbh, *large herring,* " *alewife.*"
s. gearr, *sprat.*
s. goile, *gut-pock herring.*
s. mhòrlannach, *pilchard,* see seirdean.
s. sligeach, *pilchard.*
sgadanach, -aiche, *a.* Abounding in herrings. 2 Like a herring.
sgadarlach, -aich, *s.m.* Set of low persons. 2* Anything scattered. [sgadartach—‡]
sgaf,** Gaelic form of *skiff* Cock-boat.
sgafair, -ean, *s.m.* Courageous, stout or brave man. 2 Handsome man. 3 Scolding man. 4††Bold hearted man.
sgafal,** Gaelic form of *scaffald.*
sgafald,** -aild, Gaelic form of *scaffold.*
sgafaldach, *a.* Scaffolded, having scaffolds.
sgafaldaich, *v.a.* Erect scaffolds.
sgafall,** -aill, *s.m.* Gaelic form of *scaffold.* 2 Booth, hut, shop.
———ach,** *a.* Scaffolded, full of scaffolds.
———achadh,** -aidh, *s.m.* Act of erecting a scaffold.
———achd,** *s.f.* Scaffolding.
———aich,** *v a.* Erect a scaffold.
sgafalt,** Gaelic form of *scaffold.*
sgafanta, -ainte, see sgafarra
———chd, see sgafarrachd.
———s,** -ais, *s.m.* Boldness. 2 State of being in good spirits.
sgafarra, -airre, *a.* Spirited, manly, brave. 2 Handsome. 3**Hearty. 4**Active, alert 5 *Vehement in speech. 5*Venomous in scolding 7*Emphatically speaking. 8** In good spirits.
———chd, *s.f.ind.* Manliness. 2 Spiritedness. 3 Handsomeness. 4*Vehemence of speech. 5 *Quality of scolding keenly.
sgafart,* *s.f.* Scolding female.
sgag, *pr.pt.* a' sgagadh, *v.a. & n.* Split, cause to split or crack, as from heat. 2 Crack, shrink. 3**Chap. 4 Filter, strain. 5 Winnow. 6 Become lean or starved. 7 Burst. 8 Cleanse. 9* Chop.
——ach, -aiche, *a.* Full of splits, chinks or cracks. 2 Full of chaps. 3 Apt to split or crack, as the surface of anything. 4 Causing to split or crack. 5* Chinked, cracked. 6 Filtering, straining. 7 Winnowing. 8 Lean, emaciated. 9**Cleansing. Teas s. samhraidh, *the cracking heat of summer.*
sgagadh, -aidh, *s.m.* Act of splitting or cracking. 2 State of cracking, chinking or bursting. 3 Act of filtering or straining. 4 Act of winnowing. 5 State of becoming lean or emaciated. 6 Split, as on the surface of anything, chink, cranny or crack. 7**Cleansing. 8**Filtering. 9**Filter. 10**Winnow. A' s—, *pr.pt.* of sgag.
sgagaid, -e, -ean, *s.f.* Split, crack, as on the surface of deal, cleft, fissure.
———each, -eiche, *a.* Abounding in splits, cracks, clefts or fissures. 2 Causing splits, cracks or clefts.
sgagaidh,(DMy) *a.* Insipid. Iasg s,, *a tasteless fish—one neither fresh nor stale.*
sgagaidh, *fut.aff.a.* of sgag. Shall split, &c
sgagair,* *s.m.* Poltroon, coward, one that chinks at appearance of danger.
———eachd,* *s. f. ind.* Cowardice, unfounded fear.
sgagait,** see sgagaid. [*s.m.*]
———e,** *a.* Split, cracked, burst. 2 Cleansed. 3 Filtered. 4 Winnowed.
sgagaiteach, see sgagaideach.
sgagta, *past pt.* of sgag. Split, cracked. 2 Filtered, strained. 3 Winnowed. 4 Become lean or emaciated.
sgaifean, -ein, -an, see sgaipean.
———ach, -aiche, *a* see sgaipeanach.
———achd, see sgaipeanachd.
†sgaifir,** *s.f.* Stern of a ship.
sgaift,* *v.n.* Burst through eating too much.
———,* *s f.* Notorious bellyful.
sgaighnean,** -ein, *s.m.* Hand-winnow, winnowing-fan.
sgaigte, see sgagta.
sgail, -e & -each, *pl* -ean & -eachan, *s f* Shade, shadow. 2 Veil, curtain, covering, mask. 3 Example, pattern 4 Ghost, spectre. 5 Pretence. 6 Bower. Fo s. do sgéithe, *under the shadow of thy wing;* an sgàileachan, *their cur-*

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

tains ; s. a' bhàis, *the shadow of death.*
——, *pr.pt.* a' sgàileadh, *v.a.* Shade, overshade, darken, cover, as with a cloud. 2*Sprinkle. 3**Eclipse. 3† Approach. Cha s. seo air, *this will not come near the thing ;* cha dèan e s. air, *it will not go near it.*
†sgail, -e, *s.f.* Splendour, brightness. 2 Flash. flame.
sgàil-bhothan, -ain, -an, *s.m.* Arbour.
sgàil-bréige, -ean-, *s f.* Mask, visor.
sgailc, -e, -ean, *s. f.* Smart knock or blow. 2 Sound of a blow, report of a shot. 3 Good full draught of any liquid. 4 Bumper of any spirituous liquor taken before breakfast, dram, " morning," see under friochd. 5 Baldness of the head. 6 Pate—*Dain I. Ghobha.* 7**Loud momentary noise, smart report. Tarruing s air, *give him a smart blow.*
sgailc.* *v.a.* Pelt. 2 Beat in a masterly manner.
sgailceach, -eiche, *a.* Bald 2 Giving smart blows. 3 Making a loud and sudden report. 4 Drinking full draughts or bumpers.
————d, *s.f.ind.* Sleekness, smoothness.
sgailceag, -eig, -an, *s. f. dim.* of sgailc. Slight knock. 2 Low sudden sound. 3 Small bumper or draught.
sgailceanta, -einte, *a.* Giving smart blows. 2 Making a loud and sudden report. 3 Smart, active. 4 Passionate. 5††Elastic. 6**Explosive.
————chd, *s.f ind.* Smartness, agility. 2 Passionateness. 3††Elasticity
sgailcear,** -ean, *s.m.* Bald-headed man. [sgailcire—*]
sgailcearra, *a.* see sgailceanta.
————chd, see sgailceantachd.
sgailc-mhullaich,* *s.f.* Dandruff.
sgailc-sheide, *s. f.* Dram taken in bed before rising in the morning—*Sar-Obair.*
sgaile, ach, *pl.* -an & -achan, *s.m.* see sgàil.
sgaile.** *s.f.* Printing type.
sgaileach, -eiche, *a* Shadowy. 2 Affording a shade, shading. 3 Veiled, covered. 4 Ghost-like, unsubstantial, spectral. 5†† Full of ghosts. 6**Masked.
sgaileach.* -eich, *s.m.* Veil, curtain.
————adh, -aidh, see sgaileadh.
————ail,(MS) *a.* Subtile.
sgaileachd, *s.f ind.* Shadiness, darkness. 2 State of being veiled or masked. 3* Sprinkling.
sgàileadair, -ean, *s.m.* Any object that shades, masker, shader. 2 Masquerader.
sgàileadaireachd,†† *s.f.* Shading.
sgaileadan, -ain, -an, *s.m.* Bower.
sgaileadh, -eidh, *s.m.* Covering, act of covering, shading or obscuring. 2* Sprinkling. 3 Shading, shadowing, veiling, masking. 4(MS) Air. A s—, *pr. pt.* of sgàil. An s. a' lugha, *the least sprinkling* or *shade ;* neul 'ga s., *a cloud veiling it.*
sgàileag, -eig, -an, *s. f. dim.* of sgàil. Little shade or shadow. 2 Thin shade, veil. 3 Parasol, umbrella. 4 Arbour. 5 Cottage, booth. 6 Awning. 7**Fan 8**Little dish. 9**Plate. 10(CR) Passing shower—*W. of Ross-shire.*
————an, -ain, -an, *s m.* Fan. 2‡‡Umbrella.
sgàilean, -ein, *s.m.* Same meanings as sgàileag.
————ach, -aiche, *a.* Shady, veiling, like a shade or veil. 2 Like an umbrella, or parasol. 3 Full of arbours. 4 Like an arbour. 5 Abounding in cottages or booths. 6 Like a cottage or booth. 7** Filmy. 8†† Full of fans. 9** Like a fan. 10†† Full of umbrellas or shades.
————achd,** *s.f.* Shadiness. 2 Shadowiness. 3 Filminess.
sgàileanta, -einte, *a.* Vain.
sgàilean-uisge, *s.m.* Umbrella
sgàilear, -eir. an, see sgàileadair.
sgàile-bhothan,** *s.m* Arbour.
sgàile-gréine, *s.f.* Sunshade, parasol.
sgàilich, *v.* see sgàil.
————te, *past pt.* of sgàilich Veiled, masked, shaded, covered, obscured.
sgàil-ionad, aid, -an, *s m.* Bower.
sgaill,(DU) *s.* Bald patch
sgailleag, -eig, -an, *s. f* Smart blow slap. 2 Quick and loud sound. 3* Smart slap on the cheek. 4**Slap with the palm of the hand.
sgailleagach, -aiche, *a.* Giving smart slaps or blows. 2 Making a loud and sudden sound. 3** Striking with the palm of the hand, slapping
sgailleas, -eis, *s.m.* Disdain
————ach, -aiche, *a* Disdainful. Gu s., *disdainfully.*
————achd,** *s f.* Disdainfulness.
†sgailp,** -ean, *s.f.* Den, cave.
————each,** *a.* Abounding in dens or caves.
sgailt, *v.* see sgald.
————e, *past pt.* Scalded.
————each,** *a* Scalding.
————ean, see sgoiltean.
sgaillteil,** *a.* Calid.
sgail-thaigh, *s m* Porch, grotto.
sgail-uisge, *s.f.* Umbrella
sgain, *pr.pt.* a' sgaineadh, *v.a. & n.* Burst, burst asunder, cleave, rive, rend. 2 Cause to burst or rend asunder. S. e, *it burst asunder.*
sgàin,* *s* Complete bellyful, surfeit.
sgaindear,** -eir, *s m.* Division, dissension.
sgàine, *s.m.* see sgaineadh.
sgàineach, -eiche, see sgàinteach. 2††Rending.
sgàineadh, -idh, *s.m.* Bursting, act of bursting or causing to burst. 2 State of bursting or bursting asunder. 3 Rending, act or state of rending asunder. 4 Rent, cleft. 5 Splitting, cleaving. 6 Burst, split. 7**Sally, attack. 8**Flaw. 9 Laceration. A' s—, *pr. pt.* of sgàin.
sgàineadh, *3rd. per.sing. & pl.imp.* of sgàin. S. e, *let it burst.*
sgainne, -an, *s.m.* see sgàineadh.
sgainne,** *s. f.* Sudden irruption or sally. 2 Attack. 3 Flaw.
sgainneal, -eil, -an, *s.m.* Scandal, reproach, calumny. 2 Slander, false reproach. 3 Disgrace, matter or cause of reproach. Thog thu oirnn s., *thou hast calumniated us.*
————ach, -aiche, *a.* Calumnious, raising calumnies or false reproaches. 2 Disgraceful, shameful, reproachful, slanderous.
————achadh, -aidh, *s.m.* Calumniating, act of calumniating or raising scandal against one, slandering, reproaching. A' s—, *pr. pt.* of sgainnealaich.
————achd,** *s.f.* Abusiveness.
sgainnealaich, *pr. pt.* a' sgainnealachadh, *v. a.* Slander, calumniate, raise false reproaches against one, scandalize, reproach.
———— ————te, *past pt.* of sgainnealaich. Calumniated, accused of anything scandalous, scandalized, reproached.
sgainnearach, -aiche, *a.* Scattering, dispersing. 2 Having faults or blemishes. 3** Scaring, persecuting. 4 see sgainnir.
———— ————d, *s.f.* Abusiveness.
sgainnearadh, -aidh, *s. m.* Scattering, act of scattering or dispersing. 2 Scaring. 3 Persecuting, persecution. 4**Sudden dispersion. A' s—, *pr. pt.* of sgainnir.
sgainneart, -eirt, -an, *s.f.* Dispersion, scattering. 2 Contest, engagement. 3**Swing. 4 Persecution. 5 Trial of strength. Faiceamaid

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

s. glan, *let us see a fair trial of strength.*
sgainneartach, -aiche, *a* Scattering, dispersing. 2 Contending, struggling. 3**Persecuting. 4 **Powerful.
sgainnir, *v.a. & n.* Scatter, disperse. 2*Stroll. 3**Persecute. 4(MS) Abuse. S. sibh iad, *you dispersed them.*
sgainnir, -e, -ean, *s.f.* Blemish, fault. 2 Scattering, dispersion. 3(MS) Shame. 4 Persecution. 5(MS) Prate. 6 see sgainneal.
———each, -eiche, see sgainnearach.
———ich, *v.a.* Vilify, abuse.
———te, *past pt.* of sgainnir. Scattered, dispersed.
sgàinnteach, -ich, -ichean, *s.f.* Corroding pain. 2 Pain occasioned by excessive fatigue, as in walking. 3* Rheumatism.
————ail,* *a.* Rheumatic.
sgainte, *past pt.* of sgain. Burst, burst asunder. 2 Rent, rent asunder. S. o chéile, *burst asunder*
·———ach, -eiche, *a.* Causing to burst, rend or split. 2 Apt to burst, rend or split. 3 Chinky. 4 Bursting, splitting, cleaving, tearing asunder, riving.
sgaip, see sgap.
——ean, -ein, -an, *s.m.* Dwarf, ninny, term of personal contempt.
·——eanach, -aiche, *a.* Dwarfish, ninnyish.
·——eanachd, *s.f.* Dwarfishness, ninnyism, futility, trifling talk.
sgaipte, *past pt.* of sgap, see sgapta.
·———ach, *a.* Generous, lavish. 2(MS) Rife.
·———achd, *s.f.* Diffusiveness. 2(MS) Rifeness. 3(MS) Revery.
sgair, see sgar. [dry.
sgair, *s.f.* Any place where a thing is laid to
sgair,* -e, -ean, *s.f.* Stitch. 2 Seam. 3 Splice. 4 Nails, see tairngnean-sgair, p. 77.
sgàird, -e, *s.f.* Flux, looseness, diarrhœa. [with the art. *an.*] 2**Loose stool. 3**Skit. 4** *rarely,* Smock. 5(DMK) Scree, shingly slope —*Gairloch.*
———each, -eiche, *a.* Affected with flux, diarrhœa or dysentery 2**Habitually loose in the bowels. 3 Squirting, pouring, sprinkling. 4 (DU) *metaphorically,* Worthless, contemptible person. Peasan s., *a worthless wretch;* is minig a bha laogh math aig boin sgairdeich, *a skittering cow has often had a good calf.*
———eachd, *s f ind.* State of being affected with flux, diarrhœa or dysentery.
sgairdeadh, -idh, *s. m.* Squirting, syringing, pouring, sprinkling
sgàirdean, -ein, -an, *s.m* Trifling or nasty person, a term of contempt.
sgàirdear,** *s m* One afflicted with weakness of the bowels 2 Squirt, syringe, water-gun.
sgaireab,** *s.* Lavishness.
sgaireach, see appendix.
sgaireach, -eiche, *a.* Prodigal 2 Cold and windy, threatening rain, as weather
———, -eich, *s.m* Prodigal.
†———d, *s.f.* Crying, shrieking 2 Creaking.
sgàireag,(CR) *s.f.* Passing shower—*W. of Ross-shire.*
sgaireag, *s.f.* see sgarbh. 2 see seagair. 3 Young scart, one-year-old gull. [sgaireag—†.]
sgaireag,¶ -eig, -an, *s. f.* Lesser black-headed gull—*larus fuscus.*
sgaiream,(CR) *s.m.* Idle talk—*Skye.*
sgàireanaich,(AC) *s.f.* Sound of the flapping of wings. An sgiathan a' s., *their wings flapping.*
sgaireap, -a, *s f.* Lavishness, profusion, prodigality. 2 Weather with whistling wind, threatening rain. 3 Sudden skirl, as of bagpipes. 4 Extravagance.
———ach, -eiche, *a.* Lavish, profuse, extravagant. Gu s., *lavishly.*
sgaireapail,* -e, *a.* Whistling, gusty and threatening rain.
sgairg,(AF) *s.f.* Scorpion, see sgairp.
sgairg,** *s.f.* Stony, gravelly bottom.
sgairiop, see sgaireap.
sgairn, -ean, *s.m.* Howling of dogs or wolves. 2 Loud murmuring noise. 3 Noise of stones 4 **Shriek. 5 see sgairt. B' fhad chluinnte an s., *their howling was heard afar off.*
sgàirneach, -eiche, *a* Crying aloud, shouting. 2 Shrieking. 3 Howling, as dogs or wolves. 4 Making a loud murmuring noise. 5 ††Rumbling noise.
———·—, -ich, *s.m.* Continuous heap of loose stones covering a hill-side 2 The sound of such stones falling along a steep and rocky hill-side. 3 Continued howling. 4*Deserted quarry. 5 Great number of stones, like a deserted quarry, on a hill. 6†† Large heap of stones. [Nos. 4 & 5, *s.f.*—*]
———·—, -eiche, *a.* Abounding in heaps of loose stones. 2 Like a rocky hill-side covered with loose stones.
sgàirneil, -e, *s.f.* Shrieking, crying out. 2††see sgàirneach.
†**sgàirnigh,** -e, *s.f.* Separation. 2 Broken pieces.
sgairp, -e, -ean, *s.f.* Scorpion 2 The sign Scorpio (♏), in the zodiac.
sgairpeach,** *a.* Like a scorpion. 2 Full of scorpions. 3 Of scorpions.
sgàirt, *s.f* Flux—*Dain I. Ghobha.*
sgairt, *v.* see sgairtich.
sgairt, -e, -ean, *s.f.* Loud cry, roar or shout. 2 Shriek. 3 Strength, vigour, activity, bustle 4 The midriff [with the *art.*] 5 Diaphragm or caul covering any of the intestines or viscera. 6 Energy, business. 7 Appearance 8 Authority. 9*Smart breeze. 10 War. 11** Tuft of trees, shrubs, branches or bushes 12**Bush. Dean do ghnothach le s., *do your business with energy;* le s. de ghaoith tuath, *with a smart breeze of northerly wind:* s an cridhe, *the caul of their hearts,* thainig e le s., *he came with a bustle.*
———each, -eiche, *a.* That bawls aloud, shouting. 2 Shrieking. 3 Acrimonious. 4 Roaring, clamorous 5 Active, bustling. 6 Having a caul. 7 Like, of, or belonging to, a caul. 8** Having a large caul.
———eachadh, -aidh, *s.m.* Shouting, act of shouting or crying. 2 Shrieking, act of shrieking or roaring 3 Bustling motion. A' s—, *pr.pt.* of sgairtich.
———eachd, *s.f* Same meanings as sgairteachadh. Na tannais a' s., *the spectres shrieking;* s. gheur, *a piercing shriek or cry.*
———eadh,** -eidh, *s.m* Shouting, roaring, bawling, shrieking. 2 Bustling noise. 3 ** Bustling motion
sgairte falaich, see sgarta falaich.
sgairtealachd, *s.f.ind.* Vigour, liveliness, activity. 2* Half stormy weather. 3 Boldness of manner. 4 Vigorousness 5** Bustling manner
sgairtear, -ir, -an, *s.m.* Crier, one who cries or bawls
·————achd,†† *s.f.* Business of a crier.
sgairteil, -e, *a.* Brisk, vivacious, lively, vigorous. 2 Loud, shrill, sharp 3 Bustling, active, energetic. 4 Bold in manner. 5* Breezy. Duine s., *an energetic person,* an là s., *the half-stormy* or *blowy day.*
sgairtich, *pr. pt.* a' sgairteachd & a' sgairteachadh, *v.a.* Shout, cry aloud, utter a loud and piercing cry, shriek.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

†sgaiste, *s.m.* Robbery, rapine.
sgait, *s.f.* see sgat.
sgaite, see sgaithte.
sgaite, -an, *s f.* see sgaiteachd.
sgait,† *s.* Pickle.
sgaite,** *s.f.* Short angry rebuke. 2 Cut. 3 Snarl. 4 *in derision*, Short-tempered person Thug e s. orm, *he rebuked me angrily, he snarled at me.*
sgaiteach, -eiche, *pl* -a, *a* Sharp, having a keen edge. 2 Cutting, that cuts. 3 Keen, piercing 4 Satirical, using cutting words or bitter language, cynical 5 Stormy, boisterous, 6 Destructive 7 Active, lively. 8 Abounding in skate (fish.) 9 Like a skate. 10 Biting, as a dog. 11** Shabby 12 (DMK) Penetrating. 13**Energetic. 14**Angry Gunna s., *a penetrating gun ;* mar chlaidheamh s., *like a sharp sword ;* gu s., *sharply, cuttingly ,* gaoth s., *a piercing wind ;* cainnt s., *cutting language ;* iathaidh bilean dearg daithte, teangaidh s., lom, ghearrta, *red lips may surround a bitter, cutting tongue.*—R.61
sgaiteachas, -ais, *s.m.* Same meanings as sgaiteachd
sgaiteachd, *s.f ind.* Sharpness, keenness of edge. 2 Sharpness, keenness, as of cold. 3 Bitterness of speech 4 Raillery. 5 Storminess, boisterousness. 6 Liveliness, activity. 7 Asperity.
sgaiteag, -eig, -an, *s.f.* Little skate.
sgaitear, -eir, -an, *s.m.* Cynic.
sgaitean, *s.m., dim.* of sgat.
sgaith, *s.f* (AC) Roof-tree.
†sgaith, *s.f* Flower.
sgàithean, -eim, -an, *s.m., dim* of sgàth. Small shadow. 2 Small shade, parasol.
sgaithleach, see sgaiteach.
sgaithte, *past pt.* of sgath. Lopped off, cut off, pruned. 2 Bitten. 3 Stung. 4 Destroyed.
sgaitichead,** s. Acrimony.
†sgal, *s.m.* Man, hero, champion. 2 Scorching.
sgal, -a, -an, *s. m.* Shriek, yell, loud shrill cry. 2 Blast, sound of high wind. 3 Appearance of the sea in a squall. 4 Howl of a dog when hurt ; or when hunting. †5 (AF) Calf 6** Skirl of the bagpipes. 7 see sgàladh. 8(DU) Outburst of speech, crying, &c. 9 (DU) Spell of any form of activity. 10* Sudden, quick cry S. a chuilein, *the howl of his dog ;* s. gaoithe, *a squall of wind ;* s. air caineadh, air iomradh, air itheadh, &c., *a spell of scolding, rowing, eating, &c.*—*Gairloch.* [**Tray
sgal, -ail, *s.m* Meal-trough. 2 Baking-trough 3
sgal, *pr pt* a' sgalaidh, a' sgalart & a' sgalartaich, *v n.* Howl,give a shrill cry,squall,shriek. 2 Shriek or squeal suddenly.
sgala, -n, *s.m.* Ill-shaped hood or tunic.
sgalach, -aiche, *a.* Loud, shrill, sonorous 2 Shrieking, yelling, howling. 3* Shrill and sharp 4**Apt to shriek, howl, yell or squall.
sgàladh,** -aidh, *s m.* Meal-trough, kneading-trough. 2**Large bowl, kettle, cauldron.
sgalag, -aig, -an, *s.f.* Workman, farm-servant. 2 Ploughman. 3**Slave. 4†† Rustic. [*s.m* —McL & D.]
———ach, -aiche, *a.* Having many male farm-servants. 2 Of, or belonging to, a male farm servant. 3††Rustic.
———achas, -ais, *s.f.* The occupation of a male farm-servant.
———achd,** *s.f.* Slavishness.
sgalaiche, *s m.* Man ready to raise a hue and cry against his neighbour.—*Sar-Obair.*
sgalaichean, Gaelic form of *scales*
sgalaid,§ e, -ean, *s.f.* Shallot—*allium ascalonicum.* 2**Noise.
sgàlain, *s.pl.* Scales for weighing. 2**Weights.
sgalair, -ean, *s.m.* Squaller.
sgalais,* *s. f.* Jeering, gibing, continuous jeering.
sgalan, -ain, -an, *s.m.* Stage, scaffold. 2 Hut. 3 Rostrum 4 see sgàilean
sgalan,** -ain. *s m.* Goblet 2 Knee-pan.
sgalanach, *a* Abounding in stages. scaffolds,&c.
sgalanta, -ainte. *a* Loud, shrill sounding, sonorous Piob s., *a loud-sounding pipe.*
———chd, *s.f ind.* Loudness, shrillness of sound, sonorousness.
sgalar,(AF) *s.m.* Hounds' cry when hunting.
sgalart, see sgalartaich
———aich, -e, -ean, *s.f* Shrieking, act of shrieking or yelling. 2 Howling, act of howling. 3 Howl. 4 Yell. A' s—, *pr pt.* of sgal.
sgalartaiche, -an, *s.m.* Bellower.
sgalb, see sgolb
sgalbhail,(CR) *s.f.* Continued barking of a dog —*Suth'd.*
sgalcairneach, -eich, *s.m.* see sgailc.
sgald, *v.a.* Scald, burn with hot water. 2 Wash with hot water 3 Pain, torment, torture.
———ach, -aiche, *a.* Scalding, that scalds or burns. Painful, tormenting, causing torment.
†sgaldach, -aich, *s.m* Stubble.
sgaldadh, -aidh, *s.m.* Act of scalding or burning with hot water. 2 Act of washing with hot water. 3 Act of tormenting or torturing. 4 Anguish, torment. A' s—, *pr. pt.* of sgald.
sgaldruth,** *s.m* Fornicator.
sgaldta, *past pt* of sgald. Scalded, burnt with hot water 2 Washed with hot water. 3 Afflicted, tormented.
sgal-fhar, see sgal-fhart.
sgal-fhart, -airt, -an, *s.m.* Howl, loud barking, see sgalartaich.
———aich, -e, *s.f.* see sgalartaich.
sgall, -aill, -an, *s. m.* Baldness. 2 Scall, scab. 3 Bald head—*Dain l Ghobha.*
sgall,** *v.a.* Scald 2 Trouble, disturb
sgalla,* *s. f* Old hat 2 Large wooden dish cut out of a tree.
sgallach, -aiche, *a* Bald. 2 Troublesome. 3 Impertinent.
———an, -ain, *s.m* Bald-headed person. 2 Unfledged bird, *Scots*, scaldie.
———d, *s.f ind.* Baldness. 2**Troublesomeness. 3**Disturbance.
sgalladh, -aidh, *s.m. & pr.pt.* of sgall. see sgaldadh.
†sgallagach, -aich, *s m.* Bird-seed.
sgallaid, -e, -ean, *s.f* see sgallais.
sgallais, -e, -ean, *s f.* Insult, contempt, derision, mockery, ridicule. 2 Flattery. Ri s., *deriding.*
sgallaiseach, -eiche, *a.* Insulting, showing contempt, deriding, mocking, ridiculing, opprobrious. 2 Given to mockery. 3 Flattering.
———adh, -aidh, *s. m.* Deriding, act of deriding, ridiculing or insulting A' s—, *pr. pt.* of sgallaisich.
———d,** *s.f.* Practice of ridicule.
sgallaisich, *pr. pt* a' sgallaiseachadh, *v.a* Deride, ridicule, insult.
———te, *past pt.* of sgallaisich. Derided, ridiculed, insulted.
sgalld, see sgald.
———achan, see sgallachan.
———adh, -aidh, see sgaldadh.
sgalldair,(MS) *s.m.* Brawler.
———eachd, *s f.* Bad language.
sgallt, see sgald.
——a, *a.* Bald, bare. 2 see sgaldta.
——ach, see sgaldach.
sgalpan,(CR) *s.m.* Chaff—*Lewis.* DMy. says s.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

comes off oats only—calgan is the barley beard.
sgàm, -àim, *s.m.* Spot. 2 Spot on linen. 3 Iron-mould
sgamal, -ail, *s.f.* Scale.
———, -ail, -an, *s. m.* Exhalation, effluvia. 2 Phlegm. 3**Scum.
———ach, -aiche, *a.* Scaly. 2 Abounding in phlegm.
sgamh, -aimh, *s m.* Lobe of the lungs, lights. [*s.f.*—*] S.-eighe, *file-dust, filings.*
sgamh,** *s.m.* Wry mouth.
———ach,** *a.* Having good lungs. 2 Of lungs, pulmonary
———ag,** -aig, *s.f.* Wry mouth.
———ainn, *pr pt.* a' sgamhnadh *v a.* Build up corn or hay in a barn.—*Gairloch, &c.*
sgamhan, -ain, an, *s m.* The lungs, the lights. 2 Liver 3 Dolt, blockhead. 4 Refuse, dross. 5 Appellation of extreme contempt. 6 Villainous person. 7 Corn or hay built up in a barn.
s.-coirce, *oats built up in a barn.*
s.-eorna, *barley* „ „
s.-fheòir, *hay* „ „
sgamhanach, -aiche, *a.* Having large or strong lungs. 2 Pulmonary, of, or belonging to lungs or lights; or 3 liver. 4 Roan, drab, of the colour of lights. Aodach, s., *roan-coloured cloth.*
sgamhanach, (DMy) *s. m.* Feeble man whose breath shortens at a little exertion.
sgamhanaich,* see sgarthanaich.
sgamhar, -air, *s.m.* Saw-dust.
sgamh-chnuimh, -e, *s.f.* see sgamh-ghalar.
sgamh-chridhe,* *s.m.* Caul.
sgamh-ghalar, -air, *s. m.* Consumption in the lungs.
†sgamh-ghlonn, *s. m.* Vile prank, vicious deed, shabby action.
sgamhnadh, -aidh, *s.m.* Building up of corn or hay in a barn. A' s—, *pr.pt.* of sgamhainn.
sgamhnaidh, *fut. aff.a.* of sgamhainn.
sgann, -ainne, *s.m.* Multitude. 2 Herd, drove. 3††Swarm of bees. 4**Parcel. S. fhiadh, *a herd of deer.*
sgann, -ainn, -an, *s.m.* Membrane. 2* Hand. 3 Multitude, swarm. [*s.f.*—*]
———ach,** *a.* Membranous. 2 Filmy 3 Swarming, in swarms or multitudes.
sgannal, -ail, -an, *s.m.* see sgainneal.
———ach, *a.* see sgainnealach.
sgannairt,(AH) *s.f.* Wreck, ravages, devastation—*Argyll.*
sgannan, -ain, -an, *s.m.*, *dim.* of sgann. Little herd or drove. 2 Thin membrane, caul or film, pellicle. 3 Gristle. 4 Reticle. 5**Group of people. 6**Little parcel. S. saille, *a caul.*
———ach,** *a.* Membraneous. 2 Reticular.
sgann-sgriod,(AF) *s.m.* Herd of cattle.
sgànrach, ** *a.* Dispersing, scattering, scaring, routing, terrifying. 2 Like a dispersion rout or persecution. 3 Persecuting
sgànradh, -aidh, *s. m.* Surprise, fright. 2 Dispersion from fright or terror. 3 Act of dispersing or terrifying into dispersion, scaring, routing, scattering, dispelling. 4 Rout, confusion. 5**Frightening of cattle. 6**Persecution. A' s—, *pr pt.* of sgànraich. A' s. doinionn, *dispelling the storm.*
sgànraich, *v. a.* Scare, affright. 2 Disperse through fear, rout, scatter. 3**Persecute.
———te, *past pt.* of sgànraich. Scared, affrighted. 2 Scattered or dispersed through fear, routed.
sgànraidh, for sgànraichidh, *fut. aff. a.* of sgànraich.
———,** *s.f.* Dispersement through fear or astonishment 2**Defamation. 3 Sudden dispersion. 4 Astonishment.
sgaog, -aoig, -an, *s.m. & f.* Foolish, fickle or giddy young woman. 2 Giddy or unsteady person generally.
———ach, -aiche, *a.* Giddy, inconstant, volatile, flighty.
———achas, -ais, *s.m.* see sgaogachd.
sgaogachd, *s.f. ind.* Giddiness, levity, volatility, inconstancy.
sgaogag, -aig, -an, *s. f.*, *dim.* of sgaog. Giddy girl.
sgaogaiche, *s.f ind.* see sgaogachd.
sgaogan, -ain, -an, *s. m. dim.* of sgaog. Giddy youth.
———achd, see sgaogachd.
sgaoil, *pr pt* a' sgaoileadh, *v.a. & n.* Stretch out, extend. 2 Scatter, disperse, spread. 3 Enlarge, dilate, expand. 4 Dismiss, send away, give leave of departure. 5 Divulge, publish. 6 Loose, dissolve, untie. 7 Unsew. 8 Be unsewed. 9 Unfold. 10 Be unfolded. 11 Destroy. 12†† Fray. 13**Dishevel. S. e a làmhan, *he extended his hands*; s. iad feadh an t-saoghail, *they dispersed throughout the world*; s. e an sgoil, *he dismissed the school*; s. an t-sreang, *untie the cord*; s. e an naidh-eachd, *he divulged the news*; cuir fa sgaoil, *release*; s an eaglais, *the congregation dispersed.*
sgaoil,* *s.m.* Liberty, freedom. Mu s., *at liberty*; cuir mu s, *set sail, weigh anchor.*
sgaoile, see sgaoileadh. 2**Scattered state. 3 **Looseness.
———ach,** *a.* Causing to spread or scatter. 2 Diffusing. 3 Dishevelling, loosening, unfolding. 4 Divulging. 5 Diffuse.
sgaoileadh, -idh, *s.m.* Spreading, act of spreading, stretching out, extending. 2 Scattering, act of scattering or dispersing. 3 Dispersion, diffusion. 4 Dishevelling. 5 Enlarging, act of enlarging, dilating or expanding. 6 Dismissing, act of dismissing, sending away or giving leave of departure. 7 Act of divulging, revealing, promulgating or publishing. 8 Loosing, act of loosing. 9 Dissolving. 10 Untying. 11 Unsewing, act of unsewing. 12 State of being unsewed. 13 Rent in cloth or leather. 14 State of being unfolded. 15 Laceration. 16††Fraying. 17**Destroying. A' s—, *pr. pt.* of sgaoil. Theab e s., *he nearly burst (with laughter)*; bu chian ar s., *far apart were we dispersed.*
sgaoilear, *fut.pass.* of sgaoil. Shall be spread.
sgaoilidh, *fut. aff.a.* of sgaoil.
sgaoilte, *past pt.* of sgaoil. Spread, stretched, extended, expanded. 2 Dispersed, scattered. 3 Dismissed. 4 Divulged. 5 Loosened. 6 Dissolved. 7 Untied. 8 Unsewed. 9 Dishevelled. 10(DU) Loose-witted. Cuirm s., *a banquet spread.*
sgaoilteach, -eiche, *a.* Spreading, that spreads, scattering that scatters. 2 Divulging spreading abroad. 3 Diffuse, liberal, profuse, bountiful. 4 Scattered, in a scattered state, wide, spread. 5*Unguarded, imprudent. 6 Apt to loosen or dislodge. 7††Fraying. 8**Apt to spread or scatter. 9**Apt to divulge. Cainnt s, *unguarded expressions; diffuse language*; fear b' fhad s. cliù, *a man of widely-spread fame*; dume s., *a lecherous man.*
———, -eich, -ean, *s f.* Ground on which to spread anything to dry, e.g. peats or nets.
———ail, -e, *a.* see sgaoilteach.
———d, *s.f. ind.* State of being spread or scattered. 2 Tendency to spread or scatter. 3 Readiness to divulge or publish abroad. 4 State of being divulged. 5 Diffuseness, liber-

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

ality, bountifulness, profuseness.
sgaoilteag,** -eig, *s.f.* Sheet. 2 Winding-sheet.
sgaoim, -e, *pl.* -ean & -annan, *s.f.* Fright, sudden terror, alarm. 2 Starting or sudden movement from fear or terror. 3*Skittishness, as of a horse or beast. 4* Terror from false alarm.
sgaoimeach, -eiche, *a.* Apt to be frightened. 2 Restless, unquiet. 3 Terrified, timid, skittish. 5 Causing to start.
————d, *s.f.ind.* Aptness or readiness to be terrified. 2 Timidity, skittishness. 3 Restlessness.
sgaoimealachd,* see sgaoimeachd.
sgaoimear,** *a.* Timid. 2 Skittish.
sgaoimear, -eir, -an, *s.m* Coward, timid fellow. 2 Restless fellow. 3 Any shy creature.
————achd, *s.f.ind* Cowardice, timidity. 2 Shyness. 3 Restlessness.
sgaoimeil, see sgaoimeach. 2* Skittish.
sgaoimeiche, see sgaoimeachd.
sgaolar,** *a.* Coy.
————achd,** *s f.* Coyness.
sgaoll, -aoill, *s.m.* see sgaoim.
————air, -ean, *s.m.* see sgaoimear.
————air, -e, *a.* see sgaoimeach.
————aireachd, see sgaoimeachd.
————mhor, -oire, *a.* see sgaoimeach.
————mhorachd,** *s.f.* Timidity, shyness.
sgaoman uisge,(CR) *s.m.* Light shower—*Lochbroom.*
sgaoth, -a, -an, *s.m.* Swarm, great number, multitude. 2 Flight of birds. 3††Flock. [*gen.* egaoith—**]
————ach, -aiche, *a.* In swarms or multitudes.
————aich, *v.a. & n.* Crowd.
sgaothan,** -ain, *s.m.* Chamber-pot.
sgap, *pr.pt.* a' sgapadh, *v. a.* Scatter, spread, disperse. 2 Squander. 3 Afflict. 4*Hack, hash. 5* Distribute profusely.
sgapach, -aiche, *a.* That scatters or disperses, scattering, spreading, squandering. diffuse. 2 **Apt to scatter, spread or squander.
sgapadair, -ean, *s.m.* Scatterer, one who scatters, disperser, disseminator. 2* Hasher.
sgapadh, -aidh, *s.m.* Scattering, act of scattering,dispersing, spreading or routing, dispersion. 2* Hacking, hashing. A' s—, *pr. pt.* of sgap. A' s. càise, *hacking down cheese.*
————, *3rd. pers. sing. & pl. imp.* of sgap. S. e, *let it scatter ;* s. iad, *let them scatter.*
————, *past pass.* of sgap. Was scattered or dispersed.
sgapaidh, *fut.aff.a.* of sgap.
sgapair, -ean, see sgapadair.
————eachd.** *s.f.* Scattering,dispersion,routing. 2 Extravagance.
sgap-litir, *s.f.* Handbill.
sgapta, *past pt.* of sgap. Scattered, dispersed, routed. 2 Squandered.
sgaptach, *a.* see sgaipteach.
sgar, *pr.pt.* a' sgaradh & a' sgarachdainn, *v.a.* Separate, disjoin, sever, disunite. 2 Tear asunder, pull asunder, split. 3 Torment,afflict, harass, gall. 4 Divorce, part. 5*Secern. 6** Unfold for drying. 7**Wound.
sgar, -air, -an, *s.m.* Knot on the surface of wood. 2 Fissure in wood. 3 Seam or joint, as in a boat. Tàirnean sgair, *seaming nails ;* s. an droma, *or* s. an leigeil, *rebate,* see bàta, A 3, p. 73.
sgara, see sgaradh.
sgarach, -aiche, *a.* Knotty, having knots or asperities on the surface. 2 Having fissures (of wood.) 3 Separating, disjointing, severing, disuniting, schismatic. 4 Tearing asunder. 5 Tormenting, harassing, galling, afflicting. 6 Distinguishable—*Dàin I. Ghobha.* 7**Wounding
sgarachduinn, *s.m.* Separating, act of separating, disjoining, severing, disuniting. 2 Act of tearing or pulling asunder. 3 Wounding. 4 Harassing. 5* Separation by force. 6**Dissension, division, faction, schism. Tha s. 'nur measg *there are divisions among you.* A' s—*pr. pt.* of sgar. [*s.f.***]
sgaradair,** *s.m* Separator. 2 Tearer asunder. 3 Harasser, tormentor.
————eachd,** *s.f.* Separation, schism, separability.
sgaradh, -aidh, *s.m.* Same meanings as sgarachduinn. 2 Faction, divison. 3 Shed of the warp in weaving. 4 Mark, as of a blow. 5 Torment, woe. 6* Ruin. A' s—, *pr. pt.* of sgar.
————.(MS) -aidh, *s.m.* Aperture.
———— *int.* Imprecation, expression of ill-will.
sgarag,(AF) see sgabag.
sgarail,** *a.* Separable.
sgarait,** *s f.* Table cloth.
sgarar, *fut.pass.* of sgar.
sgarbh, -airbh, *pl.* -an & -airbh, *s. m.* Cormorant, shag—*phalacrocorax carbo.* 2**Bittern, see corra-ghrian. 3**Heron. 4** Shallow water, ford. Trod nam ban mu'n s, 's an s. air an loch, *the women disputing who shall have the scart, and the scart out on the loch*—i.e. disposing of the hare before it is caught.
sgarbh,** *v.a.* Wade. 2 Cross a river by a ford.
sgriobhadh, -aidh, -ean, *s.m.* Writing, penmanship. 2 Act of writing. 3 Composing, act of composing. 4 Recording, act of recording or committing to writing. 5* Handwriting. 6 Engraving. A' s—, *pr.pt.* of sgriobh. Fath-sgriobhaidh, *an appendix.*
sgriobhadh, *past pass.* of sgriobh.
sgriobhaiche, see sgriobhadair.
sgriobhaichean,** *s.pl.* Writings. 2 Writers.
sgriobhainnear,** -eir, *s.m.* Writer, clerk, scribe. 2 Notary. 3 Scrivener.
sgriobhainn,** *s.f.* Bill, writ, evidence.
sgriobhair, -ean, *s.m.* Writer, scribe, clerk, agent, penman. 2 Notary. 3 Attorney.
sgriobhaireachd, see sgriobhadaireachd.
sgriobham, *1st. sing. imp.* of sgriobh. Let me write. 2 *1st. fut.aff.a.* I will write.
sgriobhar, *fut. pass.* of sgriobh. Shall be written.
sgriobh-lochd, -an, *s.m.* Fault or error in writing, erratum.
sgriobh-thaigh,* *s.m.* Writer's office.
sgriobhtach,** *a.* Writing. 2 Fond of writing. 3 Writing frequently.
sgriobhta, *past pt.* of sgriobh. Written, recorded, registered, composed.
sgriobtuir, -ean, *s.m.* Scripture.
————eachd, -eiche, *a.* Scriptural.
————eil,* *a.* Scriptural.
sgriobhuinn,** -ean, *s.f.* Bill or evidence. 2 Writings.
sgrìoch,** *s.m* Scratch, score, line, furrow.
sgrìoch,** *v.a.* Dash. 2 Scratch, score, notch, draw a line or furrow.
sgriodadh, -aidh, *s.m.* Shingle.
sgriodan, -ain, -an, *s. m.* Stony ravine on a mountain side. 2 Track of a mountain torrent. 3 Continuous heap of small stones on a mountain side.
sgriodanach, -aiche, *a.* Cleft by ravines. 2 Abounding in continuous heaps of small stones. 3 Like a mountain torrent. 4**Full of channels. 5* Like a mountain. 6**Of torrents.
sgriodanaich,(MS) *v.a.* Streak.
sgriogalaich, *s.f.* Bare mountain top beyond the line of vegetation. Auns an sgriogalaich seo, *in this barren wilderness.*
sgrios, *pr.pt.* a' sgrios & a' sgriosadh, *v.a.* & *n.* Destroy, ruin, annihilate, consume. 2**Abolish. 3 Stumble, slip. 4* Scrape or sweep off the surface. 5*Ruin. Sgriosaidh mi an duine, *I will destroy man;* a' sgriosadh an leathrach, *scraping the rind off the leather;* s. mo chas, *my foot slipped.*
sgrios, -a, -an, *s.m.* Destruction, ruin, annihilation. 2* Sweeping off a surface, scraping rind. 3*Stumbling, slip. Mo s., *my ruin!* bheir thu s. oirnn, *you will annihilate us.* [**s.f.*]
sgriosach, -aiche, see sgriosail.
sgriosadair, -ean, *s.m.* Destroyer, pillager, one who lays waste.
sgriosadaireachd, *s f.ind.* Destroying, sweeping away, annihilation, continued pillaging or wasting.
sgriosadh,-aidh, -aidhean, *s.m.* Destroying, act of destroying, or ruining. 2 Abolition, pillaging, destruction, waste, pillage. 3 Act of stumbling or slipping the foot. 4 Cutting or peeling off the skin by accident. 5 Act of opening an ulcer by paring off its surface with any sharp instrument. 6**Slip, tumble. A' s—, *pr.pt.* of sgrios.
sgriosag,-aig, -an, *s.f.* Wreath of yarn on a clew. 2 (DU) Small ball of yarn.
sgriosagach, -aiche, *a.* Made up in clews.
sgriosail, -e, *a.* Destructive, ruinous, pernicious. 2**Wasteful. 3** Slippery. 4**Apt to stumble.
sgriosalach,(AC) *s.m.* Cloud. 'Nan sgriosalaich móra, *in great clouds.*
sgriosalachd,** *s. f.* Balefulness, banefulness.
sgriosan, *s.m.* Trousseau—*Arran.* 2 (AH) Torrent of vituperation. Chuir e 'na s. dheth, *he lectured in very offensive language.*
sgriosar, *fut.pass.* of sgrios. Shall or will be destroyed.
sgrios-na-beithire, (AC) *s. m.* Destruction by lightning.
sgriosta, *past pt.* of sgrios. Destroyed, ruined.
sgriot,(DMu) *v.a. Suth'd.* for sgrùd (examine.)
sgriot,(DU) *s.f.* Tale of distress.
sgriotachan, -ain, *s. m.* Squalling creature, infant. 2* Child that is likely to die.
sgriotal, *s.m. Suth'd* for sgriothail.
sgrioth,‡ *s.m.* Gravel.
sgriothail,‡ *s. pl.* Lot of small items, as small potatoes—*Badenoch.* Chuir e sgriotal (sgriothail) dheth, *he spoke a great many words with little substance in them.* 2††Crowd of young creatures.
sgriotnal,††-ail, *s.m.* Crowd of young creatures or small things.
sgriobh, see sgrobha.
sgrisleach, -eich, *s.m.* Tartar.
sgròb, *v.a.* Scratch, scrape with the nails. 2**

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

Scrawl.
sgròb, -a, -an, *s.f.* Scratch, scrape, line, scrawl.
sgròbach, -aiche, *a.* That scratches or scrapes, scrawling, scratching, inclined to scrape.
sgròbadair, -ean, *s.m.* Scratcher, scraper.
sgròbadaireachd, *s.f.* Scratching.
sgròbadh, -aidh, *s.m.* Scratching, act of scraping or scratching with talons or nails, scrawling, scratch, scrawl. A' s—, *pr.pt.* of sgròb.
sgròbag, -aig, -an, *s.f.* Slight scratch.
sgròbagach,†† *a.* Scratching.
sgròbaich, see sgròb.
sgròbair, -ean, see sgròbadair.
sgròbaireachd, *s f.* Unskilful writing, scrawling.
sgròban, -ain, -an, *s.m.* Scraping or scratching with the nails or talons. 2 Crop of a bird. 3 Dewlap. 4**Gizzard.
sgròbanach, -aiche, *a.* Scratching. 2 That scratches with nails or talons. 3 Of, or belonging to, a bird's crop or gizzard. 4 Having a crop or gizzard. 5 Having a large crop or gizzard. 6 Hanging down, as a dewlap.
sgrobha, -a, -achan, *s.m.* Screw. 2**Vice. 3 see sgrath. 4**Corkscrew.
sgrobha, *v.a.* Screw.
sgrobhach, -aiche, *a.* Twisted, like a screw, spiral. 2 Having screws.
sgròb-bhèarnach, *a.* Do dheud s., *your scratched and distorted teeth—Donn. bàn, p. 183.*
sgroch, see sgròb.
———ail,* *v.a.* Scrawl, scribble.
———ladh, -aidh, *s. m.* Scrawling, scribbling. 2 Scrawl, scribble. A' s—, *pr.pt.* of sgrochail.
sgròd, *s.m.* Host, large number. S. chloinne, *a host of children;* s. bhuntàta beaga, *a quantity of small potatoes—Dàin I. Ghobha.*—not good grammar,
sgrodha, see sgrobha.
sgrodhach, see sgrobhach.
sgrog, -oig, -an, *s.m.* The head, side of the head, *in ridicule.* 2 The neck, *in ridicule.* 3 Hat, bonnet. 4 Bite, mouthful. 5** Skull-cap. 6 ††Biting word. 7 see sgrogag. A sgrog, *his nob*—an expression used in playing cribbage.
—·—,(AF) *s.f.* Old cow or ewe. 2††Shrivelled person.
sgrog, *v.a.* Put on the bonnet firmly, pull on, as a helmet. 2 Doff. 3 Cock. 4 Compress, shrivel. 5 Become shrivelled. 6 Do away with. 7 *Bite, as a horse. 8††Nag. S. e mi, *he bit me;* s. do bhoineid ort, *tighten your bonnet on your head;* s. e am balach, *he killed the fellow.*
sgrogach, -aiche, *a.* Shrivelled. 2 Impotent. 3 Mean, contemptible. 4 Having a hat or bonnet.
sgrogadh, -aidh, *s.m.* Act of putting on a hat or bonnet. 2 Shrivelling, act of shrivelling. 3 State of becoming shrivelled. 4 Act of doing away with, finishing. A' s—, *pr.pt.* of sgrog.
sgrogag, -aig, -an, *s.f.* Anything shrivelled and contemptible. 2 Little old woman. 3 Useless old timber. 4 Stunted growing timber. 5** Oath. 6(AF) Old cow or ewe. 7††Little horn. 8(CR) Crumpled horn—*W. of Ross-shire.* 9(CR) Mythical aquatic animal—*Skye.* 10 (DU) Drinking-horn. Làn na sgrogaig, *a hornful (of liquor);* béist na sgrogaig, *the unicorn in armorial bearings.*
sgrogaid,* *s.f.* Old hat or cap.
sgrogair, -ean, *s.m.* Shrivelled old fellow. 2 Biter. carper.
sgrogan,** -ain, *s. m.* Skull-cap. 2 (DU) Little man, dwarfish person.
sgrogan ach, *s.m.* Short-necked m n. S. de bhodach còir, *a thick-set, sturdy, elderly kind little man.—Sgeul.-nan-caol, p. 294.*
sgroid,(AC) *v.a.* Search.
sgroidhseach,(CR) *s.f.* Hag, cormorant—*W. of Ross-shire.*
sgroig,†† -e, -ean, *s.f.* see sgroigean.
sgroig, *gen. sing* of sgrog. [*nom.* in *Gairloch*—DU.]
sgroigean, -ein, -an, *s.m.* see sgruigean.
sgròill, -ean, *s.f.* Peeling, paring, anything torn off.
sgròill, *v.a.* Peel, pare, excoriate.
sgròille,** *s.f.* Peeling, paring. 2 Any part that is torn off a skinned or coated surface.
sgroilleach, -eiche, *a.* Peeling, excoriating, that peels or pares. 2 In peels or parings. 3**Apt to peel or pare.
sgròilleachadh,** *s.m.* Scarification.
sgròilleag, -eig, -an, *s.f. dim.* of sgròill. Little peeling or paring. 2**Scale. 3 Any part torn from a coated surface.
sgròilleagach, -aiche, *a.* see sgròilleach.
sgròillich, see sgròill.
sgroingean,** *s.m.* Barebone, curmudgeon.
sgroingeanach,** *a.* Close-handed, illiberal.
sgròingeanachd,** *s.f.* Illiberality.
sgroinneach, *a.* Ragged—*Arran.*
sgroitheach, -eiche, *a.* see sgrathach.
sgroithean, *n.pl.* of sgroth.
sgròl,(CR) *s.m.* Multitude, crowd, great number. S. chloinne, *a crowd of children—W. of Ross-shire.*
†sgroll,* *s.m.* Large wide piece.
sgroth, -oith, -oithean, *s.m.* see sgrath.
sgrothach, -aiche, see sgrathach.
sgrothach,§ -aich, *s.m.* Sea furbelows, bulbous-rooted tangle—*laminaria bulbosa.*
sgrothachd,(MS) *s.m.* Scaliness.
sgrothadh, see sgrathadh.
sgrothaiche,(MS) *s.m.* Epidermis, morphew.
sgrub, *s.m.* Hesitation, scruple.
sgrub, *v.a.* & *n.* Hesitate, delay. 2 Be niggardly, act in a niggardly manner.
sgrubadh, -aidh, *s.m.* Delaying, act of hesitating or delaying. 2 Act of playing the niggard. 3 Scrubbishness. 4 Draught (liquid.) A' s—, *pr.pt.* of sgrub.
sgrubail, -e, *a.* Hesitating, dallying. 2 Scrupulous. 3 Niggardly, parsimonious.
sgrubair, -ean, *s.m.* Churl, niggard, miser, scrub.
sgrubaireachd, *s.f. ind.* Churlishness, scrubbishness.
sgrubal, -ail, -an, *s.m.* Scruple. 2 Doubt.
sgrubalach,†† *a.* In scruples. 2** Hesitating, scrupulous.
sgrubanta,* see sgrubail.
sgrùd, *v. a.* Search, scrutinize, pry, examine. 2**Question.
sgrùdach,** *a.* Examining, catechising, questioning, prying, searching, inquisitive, investigating.
sgrùdachadh, -aidh, *s.m.* & *pr.pt.* of sgrùdaich, see sgrùdadh.
sgrùdadh, -aidh, *s.m.* Searching, act of searching, scrutinizing, prying, examining, questioning, investigation. 2 Search. 3 Inquisitiveness, curiosity. 4 Audit (of accounts.) Utmost scraping of anything in a dish. A's—, *pr. pt.* of sgrùd. A' s. gach ionaid, *searching every place.*
sgrùdaich, *v.a.* see sgrùd.
sgrùdaichte, *past p.* of sgrùdaich. Tried, examined, searched.
sgrùdair, -ean, *s.m.* Searcher, investigator, scrutinizer.
sgrùdaireachd, *s.f.* Searching.
sgrugaill,(CR) *s.f.* Neck of a bottle. 2 Neck of a hen—*Suth'd.*
sgruibleach, -ich, *s.f.* Refuse, rubbish.
sgruibleachan,** -ain, -an, *s.m.* Scribbler.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

sgrùidte, *past pt* of sgrùd, see sgrùdaichte.
sgruigean,‡-ein,-an,*s.m.* Neck of a bottle, or anything shaped for the hand. 2 The neck, *in ridicule*. 3**Short neck, *in ridicule*. 4**Short-necked person, *in ridicule*. 5 Hat, bonnet. Rug i air an s. air, *she grasped him by the neck*.
sgruigeanach,** *a.* Short-necked.
sgruig dheiridh, *s.f.* Parts of stern-post about the gunwale.
sgruig thoisich, *s.f.* Parts of stem-post about the gunwale.
sgruimbean, -ein, -an, *s m.* Scrub.
sgruimbeanach, *a.* Scrubbed.
sgrunge,** *s.f.* Ensign.
sgruit, -ean, *s. m.* Old, shrivelled person. 2 Thin, meagre person. 3**Old man. 4**Niggard. 5(AF) Lean, hard cow. 6**Harangue. 7* Old decayed person. 8**Old hard-featured person.
sgruiteach, -eiche, *a.* Old, withered, wrinkled. 2 Meagre, thin. 3**Niggardly.
sgrum, *s. m.* Shell of the same shape and colour as a mussel, but smaller. They are used when ground small to entice coal-fish into the bag which catches them.
sgrung,(DMK) *s.* Ill-conditioned animal, one having a hard, skinny, bony appearance—*Rob Donn*.
sgrut, see sgruit.
sgrutach,** -aich, *s m.* Itch.
sgrutach, see sgruiteach.
sgruthan, -ain, *s. m.* Shock of corn—*Assynt*. [sgru'an.]
sguab, -aib, *s.m.* Besom, broom, brush. 2 Sheaf of corn. 3 The plant bealaidh (from which brushes are made.) 4**Sweepings, refuse. S. choirce, *a sheaf of oats*; mar leus air an s., *like a flame on the sheaf*; s.-aodaich, *clothes'-brush*; s.-làir, s-ùrlair, *floor-brush*; s.-deannaich, *whisk*.
sguab, *pr.pt.* a' sguabadh, *v. a.* Sweep, sweep away, brush. 2**Bind into sheaves. 3**Move quickly or with a sweep. 4†† Clean with a broom or besom.
sguab, *s.m.* Extinguisher, hollow, conical shaped apparatus for putting out a candle without smell or spilling of grease.
sguabach, -aiche, *a.* Abounding in sheaves. 2 Sweeping, that sweeps, brushing. 3 Cleanly, cleansing. 4 Moving with a sweep.
sguabach, -aich, -aichean,*s.f.* Besom floor-brush
sguabachan, -ain, -an, *s.m. dim.* of sguabach' see sguabag.
sguabachail, *a.* Sweepy.
sguabadair, -ean, see sguabair.
sguabadh, -aidh, *s.m.* Sweeping, act of sweeping, brushing or cleaning. 2 Sweeping motion. 3** Sweepings, refuse. A' s— *pr pt.* of sguab. Meòir a' s. na cruit, *fingers sweeping nimbly along the harp-strings*.
sguabag, -aig, -an, *s.f. dim.* of sguab. Little besom, whisk. 2 Small sheaf of corn. 3 Smart breeze of wind. 4**Female that moves with a sweeping gait. 5†† Gusty wind. Tri là Sguabag, *three days, the 7th., 8th., and 9th. of April*.
sguabaichean,**n *pl.* of sguabach.
sguabair, -ean, *s.m.* Sweeper.
sguabaireachd, *s.f.* Sweeping.
sguabair-luidheir, *s.m* Chimney-sweep.
sguaban aodaich, *s.m.* Clothes'-brush
sguaban stòthaidh, *s.m.* Resource. Is mairg do 'n s. bo mhaol odhar MhicGhill'Eoinidh, *pity him whose resource is MacGillony's hornless dun cow*. Macintosh says that MacGillony was a famous hunter in the Grampians, and several vestiges of his temporary huts were still to be seen in 1785, in the mountains of Atholl. His "dun cow" was the wild mountain doe. Macintosh gives *staghail* (an unknown word) for *stòrhaidh*, which makes the proverb meaningless S. means the cutting of corn short, as would be done for a hasty supply. The MacGillonies belonged to the Clan Cameron, but were originally allied to the Macleans.—NGP.
sguabanta, *a.* Portable, trim.
sguab-ghàbhaidh** (an), *s.f.* The banner of Oscar, son of Ossian.
sguabhair,** -barean, *s.f.* Square.
sguab-lìon, *s.f.* Trawl or sweep-net, drag-net.
sguabta, *past pt.* of sguab. Swept, brushed.
sguaib, -e, -ean, *s.f.* see sguab.
sguaibte, see sguabta.
sguaigeis, -e, *s.f.* Coquetry, flirtation.
sguain, -e, *s.f.* Train of dress, tail. 2 Crowd, swarm. Gille-sguain, *a train-bearer*.
sguainseach *s. f.* Hussey, hoyden—*Argyll*.
sguair,** Gaelic form of *square* or *squire*.
sguan,(AC) *s.m.* Slur, slander, gossip.
sguasaichean,(DMK)*s.pl.* Long narrow and thin strips of wood laid across the thatch of a house to keep it in position—*Lochbroom*.
sguch, *v a.* Sprain or strain a joint.
sguch,(CR) *v.n.* Move, stir. Na sguchaibh,*don't move, sit still—Suth'd & Carr*.
sguchadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Sprain, strain. 2 Spraining, act of spraining a limb A' s—, *pr pt.* of sguch.
sguchta, *past pt.* of sguch. Sprained.
sgud, -aid, -an, *s.m.* Scout, spy. 2 Cluster. †3 Ship. 4 Ketch (boat)—*Hebrides*.
sgud, *pr.pt.* a' sgudadh, *v.a.* Lop, prune, cut off at one stroke,new down. 2 Curtail. 3 Snatch. 4 Abscond. 5**Walk quickly.
sgùd, -a, -an, *s m.* Dirty water, foul drops.
sgudach,** aiche *a.* Walking quickly, or with a sweeping gait. 2 Lopping off, hewing down at a blow. 3 Absconding.
sgùdach,** *a.* Spying, apt to spy. 2 Abounding in dirty water or foul drops.
sgùdachd,** *s.f.* Espionage, habit of spying. 2 Frequent spying or scouting.
sgudachd,** *s.f.* Continued cutting. 2 Sweeping gait. 3 Nimble motion.
sgudadh, -aidh, *s.m.* Lopping off cleverly, hewing down at a blow. 2**Sweeping gait. A' s—, *pr.pt.* of sgud.
sgudag,** -aig,*s.f.* Female with a sweeping gait. 2 Active, tidy girl.
sgudal, -ail, -an, *s.m.* Fish guts, offal, filth. 2 *Trash, refuse of anything.
sgudalach,†† -aiche, *a.* Abounding in offal or filth.
sgudalair, see sguidilear.
sguga, -n & chan, *s.m. & f.* Coarse clumsy person. 2††Person in a crouching posture.
sgugach, -aiche, *a.* Coarse, clumsy. 2 (DU)Shy and awkward.
sgugach,* -aich, *s.m.* Soft, boorish fellow.
sgugairneach (AF) *s. m.* Useless or worthless bird. 2 see sgug. S. de dh' ian deireadh Foghair, 's mairg a dh' fheith ri d' bhreith 's a' Mhàrt, *useless bird at harvest-end, pity those who waited for your birth in March*—applied to clumsy workers, more in the way than useful.—NGP
sguibhir,** *s.m.* Squire, esquire.
sguiblich,** *v.a.* Tuck up.
sguich,(AH) *s.f* Booty, spoil, plunder—*Argyll*.
sguideireachd, see sguidilearachd.
sguidilear, -eir, -an, *s.m. & f.* Dirty drudge, scullion.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

sguidilearachd, *s.f.inf.* Foul drudgery, sluttishness.
sguids, *v.a.* Thrash, switch, lash. 2 Drive. 3 Dress flax. (*Scots*, skutch.)
sguidseach, -ich, -ichean, *s.m.* & *f.* Stripling, *prov.* 2* Very tall, slender young man. 3 Prostitute, *prov.* 4†† Lank young girl.
sguidsadh, -idh, *s.m.* Switching, act of switching, thrashing or lashing. 2 Act of dressing flax. A' s—, *pr pt.* of sguids. Deireadh mo sgéil mo s., *the end of my tale will be whipping.*—*i.e.* confess and be hanged.
sguidsear,** -eir, *s.m.* Beetle, thresher, dresser of flax.
sguidseineach, -ich, *s.m.* see sguidseach.
sguidsich,** see sguids.
sguilbneach, see guilbneach.
sguil,* *s.* Tray.
sgùile, see sgùlan.
sgùileach,** -ich *s.m.* Rubbish, refuse.
sguilean, -ein, -an, see sgulan.
sguilear,(CR) *s.m.* Mean contemptible fellow—*south end of Arran.*
sguile,** *s.m.* Kitchen-boy. 2 Scullery.
sguilleir,** *s.m* Scullery.
sgùir, *pr pt.* a' sgùr & a' sgurachd, *v.a.* & *n.* Stop cease, leave off, terminate, desist, settle. 2 ††Cause to stop. S. dheth, *desist, be done with it*; mu'n do s. sinn, *before we stopped*; nach s. thu? *will you not stop?*
sguirb,** *s.f.* Cessation.
sguirbealh,** -idh, *s.m.* Condemning, condemnation.
sguird, -e, -ean, *s.f.* The lap. 2 Lapful. 3 Shift, smock. 4 Apron. 5 Skirt.
sgùrd, *v.* see sgiord.
—— -each,†† -eiche. *a.* In lapfuls.
sgùird-shoirbheis,(MS) *s.f.* Mackerel-gale.
sguiridh, *fut.aff.a.* of sguir.
sgùirt, -e, -an, see sgiord.
———e, see sgiordte.
sgiut, -e, *pl.* -ean & -ichean, *s.f.* Board on the bottom of an open boat, fore and aft, on which passengers place their feet, foot-board. 2 Stern-seat in a boat. 3 *s.pl.* *Skates. 4(DM K) Basket used for holding wool, something of the shape of a beehive and made of straw or twigs—*Lochbroom.*
sguit, -ean, *s.m.* Wanderer.
sguit, *locative* of sgod. Piece of land cut off another.
sguit-dheiridh, } see bàta, p. 77.
sguit-thoisich, }
sguiteal, Gaelic spelling of *scuttle.*
sguithe (AF) s. Pig.
sguitlear,** -eir, *s.m.* Low, menial drudge.
———achd,** *s.f.* Menial drudgery, scullery.
sguits, see sguids.
sguitseach see sguidseach
sguitseadh, see sguidseadh
sguitsear, see sguidsear.
sgula, *s.m.* see sgulag.
sgulag, *s.f.* Little person.
sgulag, -aig, -an, *s.f.* Basket for holding the linen—*Suth d* 2 see sgalag. 2 Basket for fishing-lines.
sgulair, -ean, *s. m.* Large old hat.
sgùirteach,** *s.* Skirted. 2 Having a shirt or smock.
sgùlan, -ain, -an, *s.m.* Wicker basket for fishing-lines. 2 Potato-basket. [*u* short in *Arran*—CR.] 3 Large coarse basket made of willow twigs, hamper. 4 Creel.
sgulan, -ain, -an, *s. m.* Little old man. 2 Old man.
———ach,(AC) *a.* Flippant.
———ach,(AC) -aich, *s. m.* Flippancy. 2 Evil-speaking. Shallow person.
sgù an-làmhe, *s.m.* Maund.
sgùm, *s.m.* Foam, scum. 2†† Refuse. S. an t-sloghail, *the refuse of mankind.*
's gu 'm, And so that. Tog brigh do chluiche 's gu 'm faighinn a bhi g imeachd, *take the stake of your game, so that I may get away—W.H 1.12.*
sgùmach,** *a.* Scummy, frothy.
sgumadair, -ean, *s.m.* Scummer.
———-eachd,** *s.f.* Business of scumming. 2 Continued scumming.
sgùman, -ain, -an, *s.m.* Bag formed by temporarily gathering up the four corners of a square of cloth, and often used as a strainer. 2 Skirt, train tucked up. 3 Tawdry head-dress. 4 ‡Sack of corn. 5 Lock of hair on the forehead, especially of sheep. 6 Baling-dish for a boat. 7** Skimming-dish. 8 Stack of corn—McL & D.
sgùmag,(AH) *s.m.* see sgùman. 2 Untidy person.
sgumhan,(AC) -ain, *s.m.* Lobe.
sgumnara,** *a.* Fat. [dowdy, *prov.*
sgumrag, -aig, -an, *s.f.* Fire-shovel. 2 Slattern,
sgumragach, -aiche, *a.* Slovenly. 2** Slatternly.
sgùr, *pr.pt.* a' sgùradh. *v.a.* Scour, wash, clean, rub up, purge. 2 Purify. 3 Burnish. A' sgùradh nan iarunn, *polishing the fire-irons.*
sgur, *s.m.* Desisting, ceasing, leaving off, giving over, cessation, stopping. 2** Termination, conclusion. A' s—, *pr pt.* of sguir. Buidheachas gun s., *thanks without ceasing*; gun s., *unceasingly.*
sgùrach,** *a.* Aperient. 2 Scouring, burnishing, cleansing, purging, purifying.
sgurachd, *s.f.* & *pr.pt.* of sguir, see sgur.
sgurachdainn,* see sgur.
sgùradair,** *s.m.* Burnisher, cleanser.
sgùradh, -aidh, *s.m.* Cleansing, act of cleansing, scouring, burnishing, purging, purifying. A' s—, *pr.pt.* of sgùr.
sgùrainn, *s.f.* Washing-water, scourings, ley, toplash. 2** Water in which much soap has been dissolved in the course of clothes-washing, called in Broad Scots, *sapple.* 3†† Seeds. 4* Any trash of liquor, *in contempt.*
sgur-éild,** see sgòr-éild
sgùrr, -a, -an, *s.m.* High, sharp-pointed hill. 2 Large conical hill (sgor.)
sgùrrach, *a.* Rugged.
sgurt,* see sgiut.
sgut, see sgud.
sgùt, -uit, see sgud.
sgùtach, see sgudach.
sgutach,** see sgudach.
sgùtachd, see sgudachd.
sgutachd, see sgudachd.
sguth, *s.* Sprain.
sh, For all words beginning with *sh*, see under *s.*
shios, *adv.* Down, in position
si, *pers.pron* She, see i. *S.* is never used to denote the object after the verb like i. Phòs e i, *he married her.*
's i, *contr.* for is, *v.*+i, *pers.pron.* It is she. 'S i rogha nam ban òg, *she is the choice of damsels.*
's i, *contr.* for is, *conj*+i, *pers.pron.* And she. 2 As she. 3 Whilst she.
sia, *a.* see sè.
siab, *pr.pt.* a' siabadh & a' siabail, *v.a.* & *n.* Rub, wipe, cleanse by rubbing. 2 Drift, as snow. 3 Sweep along, pass by with quick motion. 4 Skim. 5 Snatch, snatch away, 6 Breathe away dust. 7 Fish, angle. 8(CR) Cast a line in angling, "whip" a steam. 9(DC) Blow away, as thatch off a house in a storm—*Uist.*

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

A' cur 's a' siabadh, *snowing and drifting.*
siab,** *s.m.* Wipe, rub. 2 Cleansing. 3 Flinching. Thug e s. dha, *he gave it a rub.*
——ach, -aiche, *a.* Wiping, rubbing, cleansing by rubbing. 2 Passing along with a quick continuous motion. 3 Snatching, that snatcheth. 4 Flinching. 5 Sarcastic, cutting.
——adh, -aidh, *s.m.* Wiping, act of wiping or rubbing. 2 Cleansing by rubbing. 3 Act of passing along with quick continuous motion. 4 Snatching, act of snatching away. 5 Breathing away. 6††Sweeping. 7††Plying a fishing rod. 8 Drifting—*Arran.* A' s—, *pr.pt.* of siab.
siabail,** *a.* Abstergent.
siabail (a'), *pr.pt.* of siab. Angling—*W. of Rossshire.*
siabair, -ean, *s.m.* Wiper, one who wipes or rubs. 2 Snatcher, one who snatches. 3 Awkward fellow. 4 Cleanser. 5 **Sarcastic fellow.
siabaireachd, *s.f.* Wiping, rubbing. 2 Awkwardness.
siaban, -ain, *s.m.* Sand-drift, *prov.* 2 Sea-spray. 3 ††Slight shower. The dry sand in which the muran (sea-maram) always grows is called s. when it drifts in a storm. The breaking of sea waves in a storm drifts in the same manner, and is called " s. nan tonn móra."
siabh, -a, -an, *s.m.* Dish of stewed periwinkles. —*Hebrides.* 2††Broth of grouse.
siabh,‡ *v.* see siab.
——ach, see siabach.
siabhadh, see siabadh.
siabhair,* *v.a.* Tease, weary out.
——eachd,†† *s.f.* Skimming about like a swallow.
siabhrach,‡ -aich, -aichean, *s. m.* Fairy. 2†† Ghost. [also siabhraich, *s.f.*]
siabhas, -ais, -an, *s.m.* Idle ceremony.
siabhasach, -aiche, *a.* Idly ceremonious.
siabuinn, *gen.sing.* of siabunn.
siabunn, -uinn, *s.m.* Soap.
siabunnach, -aiche, *a.* Soapy.
siabunn-nam-ban-sith, *s.m.* Milkwort—*Colonsay.*
siacair, see siachair.
siach, *v. a.* Sprain or strain a joint. 2 (CR) Avoid—*Strathtay.* 3**Filter.
siachadh, -aidh, *s.m.* Sprain, spraining, act of spraining. 2 Scratch on the skin. 3**Filtering. A' s—, *pr.pt.* of siach.
siachair, -ean, *s.m.* Pithless wretch.
siachaireach, -eiche, *a.* Pithless, contemptible.
siachaireachd, *s.f.ind.* Pithlessness, want of spirit.
siachaireil, -e, *a.* Selfish.
sia-chasach, *a.* see sè-casach.
sia-chearnach, *a.* sè-chearnach.
sia-chearnag, see sè-chearnag.
siach-inntinn, see seacha-inntinn.
's iad, *contr.* for is, *v.*+iad, *pers.pron.* It is they. 2 They were the persons. [they.
's iad, *contr.* for is, *conj.*+iad, *pers. pron.* And
siad, *pers.pron.* This pronoun is another form of *iad,* but it is not, like *iad,* employed to denote an object after an active verb. *S.* is used in such expressions as, Mharbh s. iad, *they killed them.* [The Gael never say, mharbh iad siad.]
siail, see seòd.
siaid,* *v. n.* Sheer, go obliquely. 2**Sneak, skulk.
siad, -a, -an, *s.m.* Stink. 2 Laziness, sloth. 3 ‡‡Filthiness. 4 Fusty smell.
siadach,†† -aiche, *a.* Having a fusty smell.
siadair, -ean, *s.m.* Stinkard. 2 Filthy person. 3 Lazy fellow, shuffler. 4 Sneaking fellow. 5 Buzzard. 6* Sly, skulking fellow. 7**Booby. numskull.
siadair,* *v.n.* Stink.
siadaireachd, *s. f.* Filthiness. 2 Laziness. 3 Slinking, shuffling, sly conduct, sneaking. 4 Meanness. 5 Stupidity.
sia-deug, see sè-deug.
siadha,(AC) Testicle. S. coin-ghèarr, *the testicle of the wolf.*
siadhail,** *s.f.* Sloth, sluggishness.
siadhan, -ain, *s.m.* State of confusion.
siadhan,** *a.* Confused, topsy-turvy.
siadach, *a.* Harum-scarum—*Arran.*
siaman, see siomain.
siamarlan,** -ain, *s.m.* Gaelic spelling of *chamberlain.* 2 Factor. 2 Land-agent.
sian, -ine, -tan, *s. m.* Shriek, scream, roar. 2 *Squeal. 3**Voice. 4 (AC) Soft, sorrowful music, generally applied to the music heard in a fairy knoll. 5* Drawling scream. 6(DC) Appearance. S. fala mu d' shùilean, *an appearance of blood about your eyes.*
sian, -a, -tan, see seun.
——, *v.a.* see seun.
sian, *pr.pt.* a' sianail, *v. n.* Scream, cry, shriek. 2*Squeal. 3 Yell, bellow. 4 Scream tediously, raising one's voice gradually.
sian, -ine, -an, *s. m.* Pile of grass. 2 Beard of barley.
sian, *s.m.ind.* see sion.
sian, -ine, *pl.* siantan, siantaidh & siantaidhean, *s.f.* Any storm, as wind, snow or rain. 2 Season. 3 *in pl.* The elements. An dèidh tàirneanaich a' ghleamhraidh thig aon chuid side ro mhath no side nan seachd siantan, *after winter thunder, comes either very good weather or the weather of the seven elements*—that is. the roughest weather that could possibly come—a mixture of wind and rain, snow and frost, thunder and lightning, and hailstone. 4** Blast. 5 (DC) Age, period. Gu sian-saoghail, *to the world's end.*
sianach,** *a.* Screaming, shrieking, yelling, roaring. 2 Stormy, showery. 3 see seunach.
sianach (AF) *s.m.* Monster.
sianachd,** *s.f.ind.* Screaming, shrieking, yelling. 2 Storminess, continued showers or blasts.
sianadh, -aidh, *s.m. & pr.pt. Prov.* for seunadh.
sianaiche,** *s. m.* One who shrieks, screams, roars or yells. 2 (DC) Changeling, fairy-child.
sianail, -e, *s.f.* Screaming, crying shrieking, squealing, yelling. 2 Act of squealing or yelling. 3* Drawling, squealing. A s—, *pr. pt.* of sian.
——,**** *a.* Screaming, shrieking, yelling. 2 Stormy. 3 Showery.
siannan, see seunan.
sia'nar, see sèathnar.
sianar,** *a.* Stormy. 2 Showery.
sianas,** -ais, *s.m.* Hate, hating.
——ach,**** *a.* Harmonious, melodious, pleasant. 2 Doleful.
sian-steud,** *s.m.* Driving blast. A' casgadh sian-steuda nan speur, *calming the driving blasts of the sky.*
sian-bhuailte, *past pt.* Weather-beaten.
——ach,**** *a.* Exposed to the weather.
sian-bhualadh,** -aidh, *s.m.* Beating of wind or weather.
siann, *a.* see sionn.
siannt, *a.* see sionn.
siannt an, see siantan.
siansadh,** -aidh, *s.m.* Harmony, melody. 2 Pleasantness.
siansan,** *s.* Hum.
siant, (*poetical*) *n.pl.* of sian.
siantach,** *a.* Stormy, rainy, showery, snowy.
——l,**** *s.f.* Storminess. 2 Showiness.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

siantaidh, *n.pl.* of sian.
·————, -ean, *s.m.* Hardy man, hero.
siantan, *pl.* of sian.
siap,* *v.n.* see sèap & siab.
siabach, see siabach.
siapadh, see siabadh.
siapunn, see siabunn.
siar, *a.* The west, westward. 2 Back, backward, behind. 3 Sideways. aside. 4** Onwards. Gu tràigh s., *to a western shore;* ruith e s. le tartar, *he rushed onwards with a noise;* siar ort, *to the westward of you.*
——,†† *a.* Oblique.
siar, *pr.pt.* a' siaradh, *v.a.* & *n.* Cast awry, move or throw obliquely or awkwardly. 2* Lurch. 3††Waste. 4 Decay. 5 (CR) Sprain—*Skye.* Sh. mi mo chas, *I sprained my ankle.*
siarachd, *s.f.* Melancholy.
siaradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Casting. 2 Act of casting obliquely. 3††Oblique line. 4†† Decaying. 5 (MS) Caracole. 6 (DC)Obliquity of vision—*Gairloch.* A' s—, *pr.pt.* of siar. Tha leann dubh air mo sh., *melancholy is wasting me.*—R. 71.
siaraich, *v.* see siar.
siaraidhean,(CR) *s.pl.* Rheumatism, (*lit.* contortions)—*Suth'd.*
siarainnich, *pr.pt.* a' siarainneachadh, *v.n.* Languish, pine away. 2††Turn, become sour, as milk.
sia-ràmhach, see sè-ràmhach.
siaranachadh, -aidh, *s.m.* Languishing. 2 State of languishing or pining away. A' s—, *pr.pt.* of siaranaich.
siaranaich,*pr.pt.* a' siaranachadh, *v.n.* Languish, pine away.
siaf-shùil, -shùla, -shùilean, *s.f.* Squint-eye. 2 **Obliique or side look.
·————-ach, -eiche, *a.* Looking awry. 2 Squint-eyed.
sias, (for sios.) Cha bhi slat a sias (sios) o chrùn deth, miann gach sùl e anns an fhaidhir, *not a yard of it will be less than a crown, 'twill be sought by everyone at the market—Donn. Bàn. p. 155.*
†siasar, -air, *s.m.* Session, sitting of a court assizes.
sia-shlisneach, see sè-shlisneach.
siasnaidh, *s.m.* Wasting, decaying, fading away, —*Rob Donn.*
siat,** *s.m.* Tumour, swelling, puffing up.
——,** *v.n.* Swell, puff up.
siataidh !*int.* Puss ! (call to a cat.)
siatag, *s.f.* Sciatica, rheumatism.
siathamh, see sèathamh.
siobain, see sioban. 'Nuair a chuir iad sinn air tìr ann measg sibein (siabain) is murain, *when they landed us 'mid sand-drift and sea-bent—Dòmhnaire,71;* thog bàrr-ghucag fairge gu sìbean (siaban), *the foam of the sea rose to spindrift—Sgeulaiche-nan-caol, p. 101.*
sibh, *pers. pron. 2nd. pers. pl.* Ye, you. [Used instead of *thu*, when addressing a person older or of higher social rank than the speaker, also when speaking to more than one person collectively of any age or rank. In *Arran*, the use of *thu* and *sibh* is determined solely by number, and never by age or rank, except that old people say *sibh* to a minister—CR.] *Emphatic forms*, sibh-se, sibh-fèin, *yourself, yourselves.* 'Dé a nì sibh ? *what will ye do ?*
sibhean,(DC) *s.f.* Wick of a lamp—*Uist.*
sibhealta, -eilte, *a.* see siobhalta.
·————chd, see siobhaltachd.
sibheilt, see siobhalt.
———-eachd, see siobhaltachd.
sibhin,§ *s.* Bulrush, see luachair-ghobhlach.
sìbhreach,* -eich, -an, *s.m.* Fairy, spectre, apparition.
sìbhreachail,* -e, *a.* Fairy-like.
sìbhreag,(CR) *s.f.* Fairy.
sibh-se, *emphatic form* of sibh.
sibht,* Gaelic spelling of *shift.* Plan, contrivance, subterfuge.
sibhteach,** *a.* Full of shifts, schemes or plans, contrivant.
sibhtealachd,*s.f.* Providentness. 2**Contrivance. 3 Cunning, craftiness.
sibhteil, -e, *a.* Shifty, inventive. 2 Provident, thrifty.
sic, -e, -ean, *s.f.* The prominence of the belly. 2 Peritoneum. 3 The inner skin which is next the viscera in animals. 4 (AC) see sicean. Bhris an t-sic, *the inner skin broke;* màm-sic, *rupture, hernia.* 5 see seic.
sic,(CR) -e, -ean, *s.f.* Snatch. 2 Attempt. 3 Sudden effort to take hold of one. 4** Sudden personal onset, swoop. 5** Firmness, strength. 6**Inside of the skull. Rug e le s., *he grasped suddenly;* thug an cù s. air, *the dog snapped at him;* thug e s. as a dhéidh, *he made a snap after him. All from Perthshire.*
sic, *v.n.* Dash to, lay hold of.
†sic, *a.* Dry, parched, droughty.
sice,§ *s.f.* see craobh-shice.
sicean (AC) *s.m.* Particle, grain, infinitessimal quantity. S. sil, *a small grain of seed.*
sichd, -e, -ean, *s.f.* see sic.
sichd,* *v.n.* see sic.
siciamin,§ *s.* Mulberry, (sycamine in Bible), see maol-dhearc.
sicir, -e, *a.* Shrewd, sagacious, wise. 2**Acute. 3 Prudent, steady, firm, sure. 4 Accurate. 5 **Advisable. 6**Advised. 7**Not easily imposed upon.
——eachd, *s.f.ind.* Accuracy, acuteness. 2 Management. 3 Considerateness. 4 Advisableness. 5 Prudence, sagaciousness.
sid,‡ see siod.
sìd, -e, *s. f.* Weather, good or bad. 2 Abatement of a storm. 3 Abatement of rage, pacification, cessation. 4** see sioda. 5* Mood, humour. [McL & D gives *s.m*] 'Nuair a ni e sìd, *when the storm abates;* dé an sìd a th' ort ? *in what humour are you ?* am bheil s. air a nis ? *is his rage abated?* sìd mhath, *good weather;* droch shìd, *bad weather.*
sid,** *s.m.* Lair, as of a bear.
sideach,** *a.* see sìodach.
·————d,** *s.f.* see siodachd.
†sideadh, -idh, -idhean, *s.m.* Blast, as of wind.
sideil,* -e & sideiliche, *a.* More moderate, as wind. 2 In good humour, in good temper, as a person.
sidhe,** *s.f.* see sidheadh.
·———ach,(AF) *s.m.* Wolf.
sidheadh,** -idh, *s.m.* Blast.
†sidheang, *s.m.* Infamy.
†sidhich, *v.a.* Prove. (suidhich.)
sid-naich, (an), *emphat. form* of sid—*Badenoch & Glen Urquhart,* (siodanaich.)
sifeag,(CR) *W. of Ross* for siobhag, (wick.)
sifirn,(DU) *s.f.* see sithfean.
sifir, sifire, sifreach. } (AC) *s.m.* Male fairy. (sibhreach.)
sigeach,* -eiche, *a.* Slim. 2 Slimy. 3 (DC) Sly.
sigean, -ain, -an, *s. m.* Diminutive creature. 2 Silly person or thing. 3 (*sigeann) Pleasant countenance.
·———ta, -einte, *a.* Diminutive. 2 Silly. 3 Delightful, pleasant. 4* Cheerful.
———tachd, *s.f.ind.* Diminutiveness. 2 Silli-

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

ness. 3 Delightfulness. 4* Cheerfulness. 5 Affability, complacency.
sigh,* *v.n.* Glide, skip, dash forth, dart. A' sigheadh air mullach nam beann, *skipping on the top of the hills;* sh. i seachad, *she glided by.*
sìgh, see sìth.
sigheach, see sìtheach.
sigheadh,* -eidh, *s.m.* Gliding, vanishing, skipping. see s theadh. A' s , *pr. pt.* of sigh. Thug e an s. ud, *he made such a bolt.*
sigheann, see sithionn.
sighear,** -eir, *s.m.* Mountaineer.
sighich, *s.m. & f.* see sìthich
sighideach,* -eich, *s. m.* Spectre. 2 Fairy. 3 Person taken away by the fairies. [**s.f.*]
†sighin, Gaelic spelling of *sign.*
———ich, *v.a.* Sign, mark.
†sigir, *s.f.* Silk.
sigirean,(AF) *s.f.* Silk-worm.
†sgeig, *s.f.* Seal.
†signeal, -eil, Gaelic spelling of *signet.*
sil, *pr. pt.* a' sileadh, *v.a. & n.* Drop, distil. 2 Drop, drip, shed, let fall in drops 3 Cause to drop. 4 Rain 5 Shower. Shil e, *it rained;* a' sileadh o 'n taigh, *dripping from the house;* mu 'n s. e, *ere it rain;* a' sileadh nan deur, *shedding tears;* tha e a' sileadh, *it is raining;* silidh an là, *it will rain.*
sil, -e, -ean, *s.m.* Drop, see sile. S. nan sùl, *a tear*—a dropping of the eyes.
sil,** -e, *s.f.* Shower, heavy rain.
sil, *gen.sing.* of sìol.
silc,(AC) see sic an.
silc-an,(AC) see s cean.
sile,(AC) *s.f.* Nectar 2(AF) Milk. Blas na s. 'nam bhile, *the taste of nectar on my lips.*
sile, -an, *s.m.* Spittle, saliva 2 (AC) Salve. 3 **Issue.
sileach, -eiche, *a.* Spitting, that spits. 2 see silteach.
sileach,** *a.* Rainy, showery. Aimsir sh., *showery weather.*
sileachadh, -aidh, *s.m.* Spitting, act of spitting or slavering. A' s—, *pr.pt.* of silich.
sileadach, -aich, -ean, *s.m.* Handkerchief.
sileadan, -ain, -an, *s.m.* Sp ttoon.
sileadh,(AC) -lidh, *s.m.* Stem-platform in a boat.
sileadh, -idh, -ean, *s.m.* Dropping, act or state of dropping, distilling. 2 Raining, dripping of rain through a roof during a shower. 3 *Dispensation, economy. 4 Shedding. 5 Issue, issuing. 6 Drop, drip. A' s—, *pr.pt.* of sil.

Mar shìor-shileadh uisge tha aimhreitean mnà, *as the continual dropping of waters are the contentions of a woman;* fo sh. an t-soisgeil, *under the gospel dispensation;* fo sh. an t-Seann Tiomnaidh, *under the Mosaic dispensation;* gach s., *every drop;* s. na h-oidhche, *dew;* s. nan speur, *rain;* s. nan sul, *tears;* a sùil a' s., *her tears falling—lit.* her eyes shedding.

sileadh, *3rd.pers.sing. & pl.imp.* of sil.
———-sùith,(DMK) *s. m.* Rain percolating through the sooty thatch of a house and falling in large black drops indelibly staining everything it comes in contact with—*Caithness.*
sileag, -eig, -an, *s.f.*, *dim.* of sil. Little drop.
———ach, -aiche, *a.* Falling in small drops, dripping.
silean,(AC) see sicean.
silean, -ein, -an, *s.m.*, *dim.* of sìol. Small single grain. 2 The worst part of grain. 3 Stunted grain.
———ach, *a.* Abounding in small grain.
sile-reum, see sile-ronn.
sile-ronn,* *s.m.* Salivation.
silich, *pr.pt.* a' sileachadh, *v.n.* Spit, slaver.
siliche, -an, *s.m.* Spare, meagre, lean, pithless creature.
silidh,** *s.* Breed, pedigree, genealogy, lineage, race.
silidh, *fut.aff.a* of sil. Shall or will drop.
silim-ag, *W. of Ross* for seamrag.
silin,§ see craobh-shiris.
silineag (CR) *s.f. W. of Ross* for seamrag.
sil-shùil, *s.f.* Watery eye.
———eich, -eiche, *a.* Fearful. 2 Watery-eyed, blear-eyed.
silt, -e, -ean, *s.f.* Drop. 2 Spittle. 3 Issue. [** gives silte for *nom.*]
silte, *past pt.* of sil. Dropped, distilled.
——ach, -eiche, *a.* Dropping, that drops, dripping, oozing, moist. 2 Issuing, as matter from a sore, running, as an ulcer. 3 Scrofulous. 4 Tearful. 5**Thin, fading. 6* Often raining. 7* Discharge. Suil sh., *a tearful eye;* uair sh., *showery weather;* cneadh s., *a scrofulous issue.*
——ach, -ich, -ichean, *s.f.* Issue, discharge. 2 *pl.* Scrofula. 3**Flowers. 4**Person afflicted with scrofulous sores. Ma dhùinear a suas 'fheòil o 'shilteach, *if his flesh be stopped from his issue;* laithean a siltich, *the days of her menstruation;* air son a shiltich, *on account of his issue.*
silteachail, -e, *a.* Ichorous.
silteachan,** -ain, *s.m.* Still. 2 Distiller.
silteachd, *s.f.ind.* Constant dropping. 2 Ulcerous habit. 3*Raininess.
siltichean, *s. pl.* Scrofula.
simeacha-guaid,(AH) *s.f.* Falseness, fraud, deceit, guile.
simear,(DMK) *s. m.* Long rafter of a kiln—*Caithness.*
simid, -e, -ean, *s.m.* Mallet, beetle, batlet. 2 **Rammer. 3 Rolling-pin. 4 (AF) Beetle (insect.)? 5 (DMy) Potato-masher. 6(DMy) Tail-half of fishes. Ceann-simid, *a tadpole;* s. an truisg, *the tail-half of the cod;* s. na bioraich, *the tail-half of the dog-fish.* [** gives *nom.* simide & *s.f.*]
simideach, -eiche, *a.* Formed like a mallet or beetle, or rolling-pin. 2 Of a hammer or rammer.
simidean,* *s.m.* see simid. 2††Tadpole.
simileach,†† -ich -ichean, *s.m.* Coward.
———d,†† *s.f.* Cowardice.
similear, -eir, -an, *s.m.* Chimney, vent. Gaelic form of *chimney.* Ceann simileir, *a chimney-stalk;* troimh an t-simileir, *through the vent.*
similearach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, chimneys.
similearaich, *v.a.* Put a chimney on.
———te, *past pt.* Chimneyed.
similidh, -e, *a.* Cowardly, dastardly. 2 Feeble, silly.
simisd,(CR) *s.f.* Beam, of which there were three, laid across a corn-kiln to support the "sticlean beaga," see sticil.—*W. of Ross-shire.*
simleag, -eig, -an, *s.f.* Silly woman.
simoniach,** *a.* Simoniacal.
———d,** *s.f.* Simony.
simoniche,** *s.m.* Man guilty of simony.
simplich,** *v.a.* Simplify.
simplidh, *a.* Simple, single-hearted, artless. 2 Silly. 3**Plain, meek, mean. 4**Unalert.
———eachd, *s f.ind.* Simpleness or singleness of heart, plainness, honesty. 2 Silliness. 3 Unaffectedness, meekness. 4 Unalertness. 5 **Meanness. Na biodh s. oirbh, *let there be no unalertness in you.*
sin, *demons pron.* That, those. Na daoine sin, *those men;* an duine sin, *that man;* an t-àm sin, *that time;* mar sin, *in that manner;* 'se sin ri ràdh, *that is to say;* an sin, *then, on*

Digitized by INTERNET ARCHIVE
UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

that occasion ; there,in that place ; an sin fhéin, *at that very time ; in that very place ;* sin mar a thàinig e, *it was in that manner he came ;* mar sin sìos, *and so on ;* o sin, *since.*

sin ! *int.* There ! Well done ! Sin ! sin ! *enough ! enough ! ;* sin thu, a laochain ! *well done, my good fellow !* as an sin thu ! *be off with you ;* sin agad sin ! *there it is for you !* sin thu-fhéin ! *well done yourself !*

sìn, *pr.pt.* a' sìneadh, *v.a.* Stretch. 2 Increase in length, stretch out. 3 Hand, reach anything to another. 4 **Prolong. 5* Pursue, chase. 6**Grow in stature. 7* Lean or lounge on a bed. 8 Lie at full length. 9††Extend. 10 (DU) Begin, commence.

S. dhomh sin, *hand me that ;* s. do làmh, *stretch out your hand ;* s. do làmh dha, *extend your hand to him ; grab him :* tha e a' sìneadh, *he is growing ;* ma shìneas Dia mo làithean, *if God prolong my days ;* sh. sinn orra, *we pursued them with all our might;* an déidh sin-idh, *having commenced ;* sh. i ris, *she was seduced by him ;* s. air, *chase him ;* tha e 'n sìn eadh, *he is leaning* or *lounging on the bed ;* sh. e as, *he hurried off—W.S. 2. 216 ;* shìninn mo làmh, *I would stretch my hand ;* sìnidh e a làithean, *he will prolong his days.*

sìn, *pr.pt.* a' sìneadh, *v.* see tòisich.

sìn, -e, siantan, *s.f.* see sian.

sindeagaich, *v.a.* Pace.

sine,** *s.f* Age, oldness. A' shine chas-aodainneach, *wrinkled age.*

sine,* -an & -achan, *s. f.* Teat, dug, nipple. 2 (AF) Udder.

sine, *comp.* of sean. Older, elder. 2 Oldest, eldest. Cò dhiubh a's sine ? *who of them is the elder,* or *eldest ?*

sìne, *gen.* of sian & sion. 2 *gen.* of sithionn.

sìne, *s.f.* Blast, stormy weather, see sian.

sineach, -eiche, *a.* Having large dugs.

sineachan, *pl.* of sine.

sineachd,(MS) *s.f.* Seniority.

sineachd dinn, (an sineach-lainn) *adv. emphat.* form of sin—*Bad'noch & Gairloch.*

sinead, -eid, *s.m.* Seniority, degree of seniority. Air a sh., *let him be ever so old ;* an s. 's an donad,mar a bha cuilean a' mhadaidh ruaidh, *the older the worse, like the fox's whelp.*

sìneadair, *s.m.* Stretcher, see bata, No. 38, p.76.

sìneadh, -idh, *s.m.* Stretching, act of stretching or extending. 2 Increasing in length, act of stretching out. 3 Act of reaching anything to another. 4 Lying at full length. 5 Prolonging, act of prolonging. prolongation. 6 Length, stretch, pursuit. 7 Pursuing. 8 Holding at full length, as of wool when it is being spun. 9 Reclining. 10 Delaying 11 (DU) Beginning, commencing. A' s—, *pr. pt.* of sìn. S. laithean, *length of days ;* 'na shìneadh dlùth dhith, *stretched beside her.*

sineag, *s.f.* (AC) Handful of corn cut at one stroke of the reaping-hook. 2 Wick made from a rush by peeling off the green covering. 3 (DC) Wick of a lamp—*Uist.* 4(CR) Rush—*Dornoch, Creich.* 5 (DU) Teat of a child's feeding-bottle.

sineal,§ -eil, *s.m.* Stinking mayweed—*anthemis colula.* [Not found in the Highlands, but common in Ireland.] illust. 636.

sinean, see spealt.

sine-bhog,(AF) *s.f.* Soft crab.

singil,** *s.* Bastinade.

sìngil,** *v.a.* Dress flax, prepare flax for the hatchel (seicil.) 2 Belabour, give a thrashing.

singil,** *v.* Swinge.

sìngil, *a.* see simplidh.

singilear,** -eir, -an, *s.m.* One who prepares flax for the hatchel.

singilearachd,** *s.f.* Preparation of flax for the hatchel.

singilte,** *a.* Single, alone, not double. 2 Having one pleat. 3 Not mixed.

———,** *past pt.* of singil. Dressed or prepared for the hatchel, as flax.

singleadh, -idh, *s.m.* Preparing of flax for the hatchel (seicleadh.) 2 Belabouring,thrashing.

singlidh, *fut.aff.a.* of singil.

sinidh, *fut. aff a.* of sìn.

sinn, *pers.pron* We. us. *Emphatic forms.* sinne, sinn-féin. Rinn sinn e, *we did it, we made it;* their sinn, *we shall say ;* sinn-fhìn is sinnfhìn, Cloinn Cholla (*locally*, Cl. Toila) Ghlasdruim, dh' fhalbh am pràbar ud,*ourselves and ourselves, the MacColls of Glasdrum. that rabble has gone*—a saying current in the Appin district, and often used to point out specially noticeable clannishness ; it is also used as a rallying-shout when playing games ; bhuail e sinn, *he struck us.*

sinne, *emphat. form* of sinn.

sinne, see sine.

———ach, see sineach.

sinneach,** -ich, *s.f.* Wen.

sinneach, *a.* Mammal.

sinnean,** -ein, *s.m.* Little dug, teat or udder.

sinn-seanair, -ean, *s.m.* Great-grandfather.

sinn-seanmhathair, -thar, -thraichean, *s.f.* Great grandmother.

sinnseanach, (seann sionnach)(AF) *s.m.* Fox.

sinn-seachad-sinn-seanair,* *s. m.* Great-great-great-grandfather.

sinn-seachad-sinn-seanamhathair,* *s. f.* Great-great-great-grandmother.

sinnsear, -ir, -ireau, *s.m.coll.* see sinnsir.

———, -ir, -an, *s m.* Elder, the eldest.

———achd, see sinnsireachd.

sinn-sinn-seanair, *s.m.* Great-great-grandfather.

sinn-sinn-seanamhathair,* *s.f.* Great-great-grandmother.

sinnsir, -sre & -e, -ean & -srean, *s.* [*sing.* in number, *coll.* in meaning.] Ancestors, fathers.

sinnsireach, -eiche, *a.* Patrimonial.

———·——d, *s.f.* Right of succession. 2 Ancestry. 3 Genealogy, account of families. 4 Customs of ancestors. 5 see sinnsir. 6**Seniority, eldership. 7**Descent. 8**Progeny. Mo sh., *my ancestry, my fathers;* gun s., *without descent.*

sinnsireil, -e, *a.* Ancestral.

sinnsre, see sinnsir.

———adh, see sinnsir. [across the *slugan.*

sinridean,(AF) *s.pl.* Pieces of wood in kiln, laid

sinte, *past pt.* of sìn. Stretched. 2 Increased in length. 3 Prolonged, extended. 4* Reached. 5 Grown in stature. 6 Couchant, in *heraldry.* 7*Fetched. S. r' a thaobh, *stretched*

636. Sineal.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

by his side.

sinte, -an, *s.m.* Traces by which a horse draws a plough.

sinteach, -ich, -ichean, *s.f.* see sinte.

———, -eiche, *a.* Straight, long, extending far, extended, tall. 2*Prostrate. 3 Stretching. 4 With long steps. 5**Growing fast in stature.

sinteag, -eig, -an, *s.f.* Skip, bound hop. 2 Pace, stride. 3**Straight line. 4 Stepping-stone. 5 ††Stroke in swimming. Cha ghabh mi na sinteagan, *I will not go the way of the stepping-stones.*

———ach, -aiche, *a.* Skipping, bounding. 2 Striding, making long strides or paces. 3 Bouncing.

sinteagaich,** *v.* Pace.

sinteag-féidh, *s.f.* (stag's leap.) Old Highland linear measure equal to 30 English feet.

sintean (for siantan) *n pl.* of sian.

sintealachd,(MS) *s.f.* Tractability.

siob,* *v.* see siab.

siobadh, -aidh, *s.m.* see siabadh.

siobag, -aig, -an, *s.f.* Blast of the mouth, whiff, puff.

siobaid,** *s.f.* Scallion, onion, see uinnean. 2 The plant cibol.

———each,** *a.* Abounding in scallions, onions or cibols.

siobail,* *v.* see siab.

sioban, see siabunn.

sioban,(AH) -ain, *s.m.* Spindrift, see siaban.

siobann,§ *s.* Onion, see uinnean. 2**Cibol.

siobhach,§ *s.* Darnel rye-grass. see breòillean.

siobhag, -aig, -an, *s.f.* Straw. 2* Pile of rye-grass. 3 Wick of a lamp or candle.

———ach,** *a.* Abounding in, or like straws.

siobhaide, *a.* Blighting. Le saighdean s. sinbhlach 'gam leòn, *wounding me with blighting swift arrows—Dàin I. Ghobha.*

siobhailt, see siobhalta.

siobhailteachd, see siobhaltachd.

siobhalta, -ailte, *a.* Civil, courteous. 2 Peaceful, mild, placid. 3 Obliging, kind, urbane. (also siobhalt.)

———chd, *s.f.ind.* Civility, courtesy, peacefulness.

———s, -ais, *s.m.* see siobhaltachd.

siobhas, -ais, *s.m.* Rage, madness, fury.

———ach, -aiche, *a.* Furious, frantic, mad.

siobhrag,** *s.f.* Elf.

†siobhraich, -e, -ean, *s.f.* Fairy work, magic, enchantment.

sioblach,* -aich, *s.m.* Streamer. 2 Long person. 3††see siobladh. 4 (DU) "Cast" of a fishing-line or tackle.

siobladh, -aidh, *s.m.* Fishing with the boat under weigh. 2 Time of tide suitable for fishing. 3††Result of one's rod-fishing. A' s—, *pr. pt.* of siobail. 4 (DU) Fishing by trailing the flies on the surface of the water.

sioc ! *int.* Call to a goat—*W. of Ross.*

†sioc, *s.m.* Frost. 2 The umbilical region.

†sioc, *v.a.* Freeze. 2 Dry up, grow hard.

†——aichte, *past pt.* Frozen. 2 Dried up, grown hard. 3 Obdurate.

siocair,** *s.m.* Motive, reason. 2 Natural. 3 Opportunity.

sìoch,* *v.* see siach.

sìoch,* *s.f.* Peace, quiet, repose, comfort.

sìochadh,* -aidh, see siachadh.

sìochaich,** *v.a.* Assuage, compose, settle, calm. 2 Grow composed or calm.

sìochadh,(CR) *s.m.* Peace—*Perthshire.*

siochail,* -e, *a.* Peaceful, quiet. 2 Causing peace or quietness. 3 Prosperous. Gu s., *peacefully.*

siochaiche,** *s.m.* Peace-maker.

sìochaileachd, see sìochalachd.

siochaint, -e, *s. f.* Peace, peacefulness, quiet, repose. 2 Assuagement.

———each, -eiche, *a.* Peaceful, tranquil. 2 Silent. 3**Silencing. 4*Undisturbed, unmolested.

———eachd,* *s.f.ind.* Peacefulness quietude. 2 Appeasableness. 3 Happy repose and peace.

sìochair, -e, -ean, *s. m.* Dwarf. 2 Fairy-like person. 3 Contemptible fellow, trifling person, brat.

sìochainteil,(MS) *a.* Appeasable.

sìochaintiche, *s.m*, Peace-maker.

sìochaireach, -eiche, *a.* Dwarfish. 2 Mean, contemptible.

slaiseadh, -idh, *s.m.* Lashing, act of lashing, whipping. 2 Splicing, act of splicing. A' s—, *pr.pt.* of slais.
slaisich, see slaisich.
———te, see slaiste.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

slaisneach,(MS) *s.m.* Lath.
slaisnich,(MS) *v.a.* Lash, lath.
slaiste, *past pt.* of slais.
slait,** *a.* Strong, robust.
slam,** *v.a.* Teaze, pluck or card wool.
slam, -aim, -an, *s. m.* Lock of hair or wool, (in *N. Argyll*, tlàm—AH.) 2 Slime. 3 Curdis.
slamach, -aiche, *a.* see slamanach. 2**Teazing, plucking, as wool. 3 Carding. 4 In locks, as hair. 5 In flocks, as wool.
———adh,** -aidh, *s.m.* Coalescence. 2 Teazing wool (in *N. Argyll*, tlàmadh—AH.)
slamadh, DU) *s.m.* Lull in a gale—*Gairloch.*
slamag, -aig, -an, *s. f.* Little lock of hair. 2 Small flock of wool. 3 see slaman.
———ach, -aiche, *a.* Curled. 2 In small locks, as hair. 3 In little flocks, as wool. 4 see slamanach.
slamagan, *s. pl.* Tresses—*MacMhaighstir Alasdair.*
slamaich,** *v.* Clot, curdle.
———te, *past pt.* Clotted.
slamair,** *s.m.* One who eats voraciously.
slaman, -ain, *s.m.* Curdled milk. 2 Any flabby substance.
———ach, -aiche, *a.* Flabby. 2 Abounding in or like curdled milk. 3 Lentous, mucous, clotty. 4 Producing curds.
slamanachd,** *s.f.* State of being curdled. 2 Coagulation. 3 Tendency to coagulate.
———aich, *v.a.* Curdle.
——— -ceathaich,** *s.m.* Light dry mist. 2 Stratus cloud, fall cloud.
——— milis, *s.m.* Jelly.
——— -tàth, *s.m.* Glue.
slamb,* see slaman-milis.
slamban,* -ain, *s.m.* see slaman.
———ach, see slamanach.
———achd,** see slamanachd.
slamhach,** -aich, *s.f.* Frothstick, instrument for frothing cream.
slamhagan, see slabhagan.
slamhagan,** *s.pl.* Locks of hair or wool.
slamhan,† *s.m.* Elm, see leamhann.
———, -ain, *s.m.* Mucilage.
———ach, -aiche, *a.* Mucilaginous. 2 see slamanach. 3 Abounding in elms. 4 Made of elm.
———achd, *s.f.* Mucilaginousness.
slan, *s.m.* Defence, protection. 2 Garrison. *Sar-Obair.*
slàn, -àine, *a.* Healthy, in good health. 2 Healed. 3 Sound. 4 Uninjured, unhurt. 5 Unbroken, whole.
Am bheil thu s. ? *are you in good health ?* thoir dhomh s. e, *give it me whole ;* s. leat ! *farewell !* gu ma s. gu'n till thu, *may you be well till you return ;* an s. dhuit ? *art thou well ? ;* tha i gu s. fallain, *she is perfectly well ;* òighean bhòidheach, s. leibh ! *ye pretty maids, farewell ! ;* nighean nan òr-chleachd, an s. dhuit ? *maiden of the golden locks, art thou well ? ;* gu ma s. a chì mi thu, *may I see you well ;* gu s. fallain, *safe and sound, in perfect health.*
†slan,** -ain, *s.m.* Defiance, challenge.
†——ach, *a.* Defying, challenging. 2 Ready to defy or challenge. 3 Of a defiance or challenge.
slànach,* -aiche, *a.* Convalescent. 2**Healing, curing, having a healing virtue, salubrious, salutary.
slànachadh,** -aidh, *s.m.* A' s—, *pr. pt.* of slànaich. see slanuchadh.
slànachail, -e, *a.* Curative.
slànadh, -aidh, *s.m.* Healing, saving, salvation, security.
slànaich, see slànuich.
slànaichear, see slànuichear.
slànaichidh, see slànuichidh.
s ànaichte, see slànuichte.
slanaighear, see s anuighear.
slan-ic, see ic.

639. Slàn-lus.

slàn-lus, -luis, -an, *s.m.* Rib-wort—*plantago lanceolata.* 2**Any medicinal herb. 3§ Self-heal, see dubhan ceann-chòsach. 4§ Garden-sage, see ath tir-liath.
———ach, *a.* Abounding in rib-wort, or 2 in Medicinal herbs, or 3 in Self-heal, or 4 in Garden-sage.
slànphairteach, *a.* Aliquot.
slàn-reic, *s.* Wholesale.
slàntachd,(MS) *s.f.* Solidity.
slànuchadh, -aidh. *s.m.* Healing, act of healing, curing or remedying. 2 Saving, act of saving (in a spiritual sense.) 3 Repairing, mending. 4 Growing whole. A' s—. *pr. pt.* of slànuich.
slànuich, *pr. pt.* a' slànuchadh, *v. a.* Heal. 2 Save (in a spiritual sense.) 3 Cure, remedy, make whole. 4 Grow whole. 5 Mend, repair.
———ear, *fut. pass.* of slàhuich. Shall be healed.
———idh, *fut.aff.a.* of slànuich. Shall or will heal.
———te, *past pt.* of slànuich. Healed, cured. 2 Saved (in a spiritual sense.) 3 Mended.
slànuighear, -ir, *s.m.* Healer. 2 Saviour (in a spiritual sense.) An Slànuighear, *the Saviour.*
slaobach,** *a.* Dowdy.
slaod, *pr.pt.* a' slaodadh, *v.a.* Drag, haul, trail along the ground,draw. 2**Walk with a trailing gait.
slaod, -aoid, -an, *s.m.* Raft, float. 2 Sledge. 3 Trail, trailing burden. 4 Act of dragging along. 5 Clumsy, lazy person. 6**Solution. 7**Murder, slaughter. 8 Pulley, crane. 9†† Lounge. 10††Large quantity.
slaodach,(MMcD) *s.f.* Seaweed—*Lewis*, see feamainn dubh.
———, -aiche, *a.* Trailing, dragging, drawing, pulling. 2** Like a drag. 3 Like a raft or float. 4 Clumsy. 5 Lazy. 6 Ill-dressed, slovenly, untidy. 7 Awkward. 8 Having a sluggish gait. 9* Lounging.
———d,** *s.f.* Awkwardness. 2‡‡Drowsiness.
slaodadh, -aidh *s.m.* Dragging, act of dragging, trailing or hauling along. 2 Trailing burden. 3 Sledge, drag. 4 Sluggish gait. 4 Raft,float. A' s—, *pr. pt.* of slaod.
slaodag, -aig, -an, *s.f.* Slut, slovenly woman. 2 (DU) Sledge.
slaodaiche, *s.f.ind.* Drawing, trailing, dragging. 2 Slovenliness.
slaodail, -e, *a.* see slaodach.
———,** *s.f.* Continued dragging, trailing or pulling. 2 Like a raft. 3 Like a drag.
slaodair, -ean, *s.m.* Lazy, awkward, slovenly

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

fellow, untidy fellow, sluggard, lounger.
———eachd, *s.f.ind.* Awkwardness, slovenliness, untidiness. 2 Laziness, sluggishness. 3 (MS) Backwardness. 4(MS) Restiveness.
slaodalachd, see slaodair-eachd.
slaodan, -ain, -an, *s.m.* Track or rut of a cart-wheel or sledge. 2 **Cold, cough. 3**Little raft, little float. 4**Little trailing burden.
———, *n.pl.* of slaod.
slaodanach,* -aich, *s.m.* Heavy fellow. 2 Slouching fellow.
slaod-mheurach, -aiche, *a.* Clumsy-fingered.
slaod-mheuraiche, *s.f.ind.* Clumsiness in fingering, as of a musical instrument.
slaodrach, -aich, -aichean, *s.f.* Hinge. 2**Foundation.
slaodraich, -e, -ean, *s.f.* Continual trailing. 2 Mass of lumber or luggage. 3* Great haul of fish.
slaod-theine,** *s.m.* Wasting or consuming fire. 2 Great fire in which many persons were consumed.
slaod-uisge,(AH) *s.m.* Raft.
slaoic,(CR) *s.f.* Large slice, as of bread—*Perthshire.* 2 Large piece. 3 (DC) Buttocks. Air a sh., *prone on the ground.*
———,** *a.* Inverted. 2 Lying. 3 (AH) Uneven, crooked, unmatched, slouching to one side. Mart s., *a cow having one horn extending in a different direction to the other;* tha s. air an fhear ud, *that man has a slouching gait.*
slaoich, see slaoic.
slaoid, see slaod. 2 *gen.sing.* of slaod.
slaoighte, see slaight.
———-il, see slaightcil.
slaoightir,* see slaightear.
———eachd, see slaightearachd.
slaoit, -e, *s.f.* †Dross, refuse of metal. 2**Dirt, filth.
slaonasadh,** -aidh, *s.m.* Tragedy.
slaonasair,** *s.m.* Tragedian.
slaop, *pr.pt.* a' slaopadh, *v. a.* Parboil, simmer, boil slowly, as shell-fish for bait.
slaop, -aoip, *s.m.* Slovenliness, sluggishness.
slaopach, -aiche, *a.* Parboiled. 2 Trailing, drawling. 3 Lazy. 4 Awkward. 5 Slovenly, sluggish, tawdry, untidy. 6 Unclean. 7†† Dragging lazily.
———d, *s.f.* Awkwardness. 2 Slovenliness, untidiness, tawdriness. 3 Uncleanness.
slaopadh, -aidh, *pr. pt.* Act of parboiling or simmering. A' s—, *pr.pt.* of slaop.
slaopaidh, *a.* see slaopach.
slaopair, -ean, *s.m.* Drawler. 2 Trailer. 3 Sloven, sluggard, awkward, untidy fellow.
———eachd, *s.f.ind.* Trailing. 2 Drawling. 3 Slovenliness. 4 Awkwardness. 5 Sluggishness.
slaot,** -aoit, *s.m.* Dirt, dross. 2 see slaod.
slaotan, -ain, see slaodan.
slap,* *s.m.* Flap, flapping.
slap, *pr.pt.* a' slapail & a' slapadh. *v a.* Flap, fling. A' slapail mu m' chluasan, *flapping about my ears.*
slapach, *a.* Lukewarm. 2 Slovenly, sluttish.
slàpach, see slapach.
slapag, -aig, -an, *s.f.* Slut, drab, slattern.
———ach,** *a* Sluttish, drabbish.
slapaich,* *v.n.* Get flappish, get soft and pliant, as greens heated.
slapail,* -e, *s.f.* Flapping. A' s—, *pr.pt.* of slap.
slapair, -ean, *s.m.* Slovenly fellow. 2 Dangler. 3 Sluggard. 4**One who works in mud.
———eachd, *s.f.ind.* Slovenliness.
†slapar,** *s.m.* Skirt, train of a long robe.
†———ach, *a.* Having a long skirt or train, as a robe.
†———aich, *s.f.* Din.
slap-cà * *s.m.* Spinach, see bloinigean-gàraidh.
slaprach, -e, *s.f.* Din, noise. 2 Sound of tramping, as of men or horses.
slas lach,** *a.* Envying, invidious. 2 Having a grudge.
———d,** *s.f.* Envy, grudge.
slat, -ait, -an, *s.f.* Any rod or twig. 2 Switch, wand. 3 Yard in length. 4 Yard to measure with. 5 Handle-bar of a cycle. 6 Stay of a plough. 7** Penis. Thog e an t-slat, *he lifted the rod*; s. air fad, *a yard long*; s. gulas de'n chritheach, *a green rod of aspen*; eadar an t-sùgh 's an t-slat, *between the bark and the tree.*
slatach, -aiche, *a.* Abounding in rods or twigs. 2 Like a rod. 3 Straight, erect. 4 Stately, tall. 5 Branchy, branching, sprouting. 6 Pliant, as a switch. 7 In rods or wands. 8 In switches. Na fiùrain sh., *the pliant tendrils.*
slatag, -aig, -an, *s.f.*, *dim.* of slat. Small rod, twig, wand or switch. 2 Chat (of brushwood.)
———ach, -aiche, *a.* Abounding in small rods, twigs, tendrils, wands or switches. 2 Like a small rod.
slatail,** *a.* Amorous. 2** Goatish. 3 Tall, stately, straight, upright. 4 Limber.
———eachd,** *s. f.* Amorousness. 2 Uprightness, tallness, stateliness.
slatair,* -ean, *s.m.* Debauchee. 2**Amorist.
slatan,** -ain *s.m.* Little rod, little wand.
———, *n.pl.* of slat.
———ta,** *a.* Flexible.
slatarra,** *a.* Straight, tall, upright.
slat-bheòil,* *s.f.* Gunwale, see bàta, E 7, p. 73.
slat-bhreòdaidh, *s.f.* Goad.
slat-bhrogaidh,** *s.f.* Goad.
slat-bhuilg, *s.f.* Bulge-piece, see bàta, F 8, p. 73.
slat-draoidheachd,* *s.f.* Mace, rod of office. 2 The magic wand of the folk-tales.
slat-ghorm,‖ *s.f.* Woody-nightshade, bitter-sweet, see searbhag-mhilis.
slat-ghreasaid,‡‡ *s.f.* Whip, goad.
slat-gunna,‡‡ *s.f.* Ram-rod of a gun.
slathag,(AC) *s.f.* Handful of corn cut at one stroke of the reaping-hook.
slat-iasgaich,** *s.f.* Fishing-rod.
slat-iomain,* *s.f.* Goad.
slat-ladhrach, *s.f.* Gaff, see bàta, H, p. 73.
slat-leòid, *s.f.* Temple, stretcher, in *weaving.*
slat-mhara, -ait- & -aite-, *pl.* slatan-mara, *s.f.* Sea-oak, oar-weed, tangles, see stamh. 2†† Large grey tangle.
slat-mharcachd,* *s.f.* Rider's whip or switch.
slat-òir, (an t-s—,) *s.f.* Golden-rod—*Colonsay.*
slat-réil, *s.f.* Astrolabe.
slat-rioghail,* *s.f.* Sceptre.
slat-sgiùrsaidh,* -an-, *s.f.* Lash, scourge, cat-o'-nine-tails. [These names in English are applied only to instruments of hemp or leather, but *slat* is essentially one of wood.]
slat-sgòid,(AH) *s.f.* Boom of a ship.
slat-shiùil, *s.f.* Sail-yard, gaff, see bàta, H, p. 73.
slat-smuaicheantais, *s.f.* Sceptre, mace. 2 Flag-staff, banner-staff.
slat-thomhais, *s.f.* Wand, yard-measure, ell-measure. 2 ** Any rod used for making lineal measurements. 3 Pole. 4 The three brilliant stars popularly known as "Orion's belt," [preceded by the article *an t-*.] 5 (DU) Centipede, *prov.*
slaucar,‡ -air, -an, *s.m.* see slabhcar.
sleac, *Bad-noch* for leac.
sleach, see sleuchd.
†sleachd,** *v.a* Cut, dissect, lance, scarify.
†———adh,** -aidh, *s.m.* Cutting, dissecting, lancing, scarifying. 2(MS) Obeisance.
sleag,(AH) *s.f.* State of listing very much to one side as a sailing-boat in a stiff breeze. Tha

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

s. brèagh orra, *she has a fine list.*
sleag, *v.a.* Sneak, drawl.
——ach,** *a.* Sneaking, drawling.
——adh,** -aidh, *s.m.* Sneaking, drawling.
sleaghag,(AC) -aig, -an, *s.f.* Kind of mattock for digging up carrots and roots of plants used in tanning and dyeing.
sleagair,** -ean,*s.m.* Sneaking fellow. 2 Drawler.
————eachd,** *s.f.* Habit of sneaking, 2 Behaviour of a sneaking fellow. 3 Drawling.
sleagan,** -ain, *s.m.* A shell.
sleagh, -a [& sleigh**] *pl.* -an [& sléigh,] *s. f.* Spear, lance, javelin. **Bitheadh 'ur sleaghan mar theachdairean a' bhàis,** *let your spears be as the messengers of death;* thog sinn sleaghan, *we lifted spears.*
———ach, -aiche, *a.* Of,or resembling a spear or lance. 2 Armed with a spear, lance or dart.
sleaghadair, see sleaghair.
————eachd, *s.f.ind.* Tournament.
sleaghair,* -ean, s.m. Spearman, lancer. 2(DC) Lazy busybody, one given to frequenting houses.
———eachd,** *s.f.* Shooting with a spear, spearing. 2 Fighting with spears.
sleaghag,(MMcL) *s.f.* The stick used for stirring the grain when in a large pot before the fire after having been cleaned from the husks, before being sifted previous to grinding in the *bra.—Lewis.* 2(DMy) Pointed instrument for digging. 3 Little spear. 4 (DMy) Pot-stick to stir potatoes, also for planting potatoes in newly reclaimed soil.
sleaghaich,(MS) *v.a.* Iudart.
sleaghan, -ain, *s.m.* Kind of turf-spade, spaddle, instrument for digging. 2 Little spear.
sleaghan, *n.pl.* of sleagh.
sleamachd, see sliomachd.
sleamcaire,(MS) *s.m.* Dangler.
sleamhain, -mhna, see sleamhuinn.
sleamhan,** -ain, see leamhan.
———ach, see leamhanach.
sleamhna, *comp.* of sleamhuinn.
sleamhnachadh, -aidh, *s.m.* Slipping, act of slipping, sliding. 2 Slipperiness. 3 Gliding. 4* Retrograding, getting worse. A' s—,*pr. pt.* of sleamhnaich. Cùl-s., *backsliding.*
sleamhnachd, *s.f.* Slipperiness. 2 Smoothness.
sleamnnad, -aid, *s.m.* Degree of slipperiness. 2 Degree of smoothness.
sleamhnagan, see sleamhnan.
sleamhnaich, *pr.pt.* a' sleamhnachadh,*v.n.* Slip, slide. 2 Make slippery. 3 Make smooth. 4 Glide, move imperceptibly.
sleamhnan, -ain, -an. *s. m.* Any slippery substance. 2 Sneaking fellow. 3 Piece of ice on which to slide. 4 Mucus, saliva. 5 Stye, inflammation of the eyes, *prov.*
sleamhnanachd,(AC) *s.f.* Exorcism of a stye.
sleamhnuchadh, see sleamhnachadh.
sleamnnuich, see sleamhnaich.
sleamragan, see sleamhnan.
sleamran, see sleamhnan.
sleamhuinn, sleamna, *a.* Slippery. 2 Smooth.
sleant,** *s.m.* Tile.
sleantach,** *s.m.* Flake. 2 Slice.
†sleas, sleis, *s.m.* Mark, sign. 2 Ridge. 3 see sliios.
sleas t,** *v.a.* Smear, bedaub, bespawl.
sleasdach,** *a.* Smeary, dirty.
sleasdaich,** *v.a.* Smear, bedaub, bespawl.
sleas lair, see sleastair.
———eachd, see sleastaireachd.
sleasg,** *v.a. & n.* Split, crack.
———ach, *a.* Cracking, splitting.
sleasgadh,** -aidh, *s. m.* Cracking, splitting, crack, split.
sleastair,‡ *v.a.* Bedaub —*Bad noch.*
———eachd, *s.f.* Smearing, bedaubing, bespawling.
sléibhe,* *gen sing.* of sliabh.
sleibheag, see sleabhag.
slé bhte, *pl.* of sliabh.
sléibhteach, -eiche, *a.* Mountainous, hilly. 2 Dwelling among mountains. 3 Of mountains.
——·——, -eich, *s.m.* Mountaineer.
————d, *s.f.* Mountainousness.
sléibhtean, *n pl.* of sliabh.
sléibhtrich,†† *s.f.* Wreckage, things strewn.
†sl idm, *s.* "Saniem."
sléigeil,‡ -eala, *a* Dilatory. 2††Drawling,slow. 3††Sly.
sle mine, *comp.* of sleamhuinn.
sleimhne, *s.f.ind.* see sleamnachd.
sleimhneach,** *a.* Slipping, slippery. 2 Smooth.
————d,** *s.f.* Slipperiness. 2 Smoothness.
sleimhneag,†† -aig, -an, *s.f.* Slide.
sléis, *gen.sing.* of slias.
slé sde, *gen.sing.* of sliasaid.
sléisleach,†† -aiche, *a.* Large-thighed.
sléisdean, *pl.* of sliasaid.
sléisne, see sléisde & sléisdean.
sléisneach, -eich *a.* Large-thighed.
sléisneadh, *s.m.* Back-sliding —*Dàin I. Ghobha.*
sléisnean, see sléisde & sléisdean.
sleithe,** *s.f.* Section, division, cutting.
sleog * *v.a.* Pall on the stomach.
sleogach, -aiche, *a.* Qualmish, queasy. 2*Slimy. 3* Apt to pall on the stomach.
sleogadh, -aidh, *s.m.* Qualm, qualmishness, queasiness.
sleuchd, *pr.pt.* a' sleuchdadh, *v.n.* Kneel, prostrate, bow down reverently,worship. 2 Yield, submit, surrender.
sleuchdach, -aiche, *a.* Bowing down reverently, prostrating. 2 Yielding, submitting, submissive.
sleuchdadh, -aidh, *s.m.* Prostrating, act of prostrating or bowing down reverently, worshipping, prostration. 2 Yielding, submitting. A' s—, *pr.pt.* of sleuchd.
sleuchdamaid, *1st. pers. pl. imp.* of sleuchd. Let us kneel.
sleuchdair,(MS) *v a.* see sliachdair.
sleug,* *v.a.* Sneak, drawl.
sleugach,* -aich, *s.f.* Sneaking, sly, drawling female.
sleugach,* -aiche, *a.* Sly and slow. 2 Dilatory.
sleugair* -ean, *s.m.* Sly, drawling, sneaking fellow, sneaker, drawler.
sliabadh, see slì badh.
sliabh, sléibhe, *pl.* sléibhte & sléibhtean, *s. m.* Mountain of the first magnitude. 2 Extended heath, alpine plain,moorish ground. 2 Extensive tract of dry moorland. 3 Mountain grass, moor bent grass. 5 Face of a hill. Seann s.,*withered vent, gathered for bedding in spring —W. of Ross-shire;* slèibhtean creagach, coilltean, *rocky, wooded mountains.*
sliabh, (AF) *s.m.* Soup made from periwinkles. (called *sùbh* in *W. Highlands* generally. 2 Juice of leeches.
sliabhach, -aiche, *a.* Mountainous. 2 Abounding in extensive heaths. 3 Abounding in mountain-grass.
sliabhtair, -ean, *s.m.* Mountaineer.
slia hdair, *v.a.* Extend or spread any soft substance by trampling. 2 Plaster or daub over.
sliachdrachadh, see sliachdradh.
sl achdradh, -aidh, *s.m.* Spreading out, act of spreading out any soft substance by trampling. 2 Act of plastering or daubing over. A' —s, *pr.pt.* of sliachdair.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

sliachdraich, see sliachdair.
sliachdraichte, *past pt.* of sliachdraich. Spread out by tramping. 2 Plastered, daubed.
sliadh, see sliabh.
sliaisd, see sliasaid.
slias ** sléis, -an, *s.f.* Thigh. 2 Coarse part of a thread.
sliasach,** *a.* Having large thighs. 2 Of, or belonging to, the thigh.
sliasad, see sliasaid.
sliasaid, sléisde & sléisne, *pl.* sléisdean & sléisnean, *s.f.* The thigh. 2 The part of a ship's side towards the stern. 3 Strand of rope or thread. 4**Coarse part of a thread. 5††Gigot, leg of meat. Lag a shléiste, *the hollow of his thigh.*
sliasaideach,(MS) *a.* Crural.
sliasb,** *v.* Draggle.
sliasbair,** *v.* Draggle.
sliasd, *s.m.* Ledge in a loom.
sliasdan, -ain, *s.m.* Ledge in a loom.
sliast, see sliasd.
sliaspair,** *v.a.* Draggle, daggle.
sliaspair,** *s.m.* Draggler.
sliaspairt,** *s.f.* Draggling, covering or besmearing with mud. A' s —, *pr.pt.* of sliaspair.
sliast, see sliasd.
———an, see sliasdan.
slib, see sliob.
slibist, -ean, *s.m.* Sloven, paltry or sorry fellow.
———,* *a.* Clumsy, unhandy.
slibisteach, -eiche, *a.* Slovenly, mean, abject.
slige, *pl.* -an & -achan, *s.f.* Shell. 2 Scale of a balance. 3 *Hull of a vessel. 4†† Coin, *in ridicule.* 5 Bent timber in a boat, see bàta, D, p. 73. 6 Skin of a boat, see bàta, E 4, p. 73. 7**Drinking-shell. 8** Splinter of earthenware. 9 Scallop-shell. 10**Bomb. Chaidh e 'na shligeachan, *it broke in splinters.*
sligeach,* *s.f.* Wreck. 2 Crustaceous surface.
sligeach, -eiche, *a.* Shelly, having a shell. 2 Abounding in shells. 3 Like a scale. 4 Of, or like a bomb. Bradan s., *a sturgeon.*
sligeachan, *n.pl.* of slige.
sligeachd, *s.f.ind.* Crustiness.
sligeadachd,** *s.f.* Conchology.
sligeadair, -ean, *s.m.* ** says Conchologist, but it means rather " a maker of shells."
sligeadh, -idh, *s.m.* **Fomentation. 2 Dividing with shells. 3 Drinking from shells. Shells and horns were the chief drinking-vessels of old. Fìon 'ga shligeadh beòir 'ga h-òl ac', *they had wine from shells and plenty of beer to drink—Duanaire, p.* 143.
sligeag, -eig, -an, *s.f., dim.* of slige. Little shell.
sligeagach, -aiche, *a.* Abounding in small shells.
sligean,** -ein, *s.m., dim.* of slige. Little shell. 2 Little scale or balance. 3 Little splinter of earthenware.
sligeanach,** -aiche, *a.* Spotted. 2 Sky-coloured. 3 Green. 4 Cirrocumulated. 5 Scaled, scaly. 6 see sligeach. Nathair bhreac, sh., *a spotted green serpent.*
sligeanach, -aich, *s.m.* Tortoise. 2 Chelonian. 3 (AF) Turtle.
sligear,* -ir, -an, *s.m.* Conchologist.
———achd,* see sligeadachd.
sligearnach, -aiche, *a.* Made of shells. 2 Full of shells.
sligearnach, -aich, *s.m.* Place abounding in shells.
sligeart, -eirt, -an, *s.m.* Pumice-stone.
sligeas, -eis, -an, *s.m.* The chin, *in ridicule.*
slige-bhloighdeach, *s.f.* Bomb-shell. Fadadh na slige-bloighdich, *the fusee.*
slige-chabon,(MMcD) *s.f.* Large cockle scalloped shell—*Lewis.*

640. Slige-chreachainn.

641. Slige-chabon.

slige-chreach, *s.f.* Scallop-shell.
slige-chreachainn, *s.f.* Scallop-shell, clam.
slige-chreadha, -an-creadha, *s.f.* Potsherd.
slige-neamhnuid, -e, -ean, *s.f.* Mother-of-pearl.
slige-neamhnuinn,(AF) *s.f.* Pearl oyster shell. 2 Mother-of-pearl.
slige-neamhnuinn, see slige-neamhnuid.
slige-thomhais, -ean-tomhais, *s.f.* Balance scale.
slighe, -an & -achan, *s.f.* Way, path, road, passage, inlet. 2 Journey. 3 Manner, conduct. 4* Craft. 5**Approach. 6**Track. Dh fhalbh e air s. na fìrinn, *he has gone on the way of truth*—said of one who is dead.
sligheach, -eiche, *a.* Artful, sly, crafty, wily, cunning, full of stratagems, deceitful.
sligheachas, -ais, *s.m.* Slyness.
sligheadair, -ean, *s.m.* One who lives by fraud. 2 Artful, scheming fellow.
sligheadaireachd, *s.f.ind.* Craftiness, cunning, artfulness, deceitfulness, slyness, practice of stratagems.
slighearachd, see sligheadaireachd.
sligheara, -eire, *a.* see sligheach.
slighreach, -eiche, *s.m.coll.* Shreds, shards,*prov.*
sligich, *v.a.* Crust.
sligir,* see sligear.
———eachd, see sligeadachd.
sligheach, -eich, *s.f.* Icicles. 2 Scales of a fish.
———, -eiche, *a.* see sligeach & sligeanach.
slìm, -e, *a.* see sliom.
slimseag, -eig, -an, *s.f.* Silly, tawdry woman. 2 Whore.
slimseagach, -aiche, *a.* Silly, tawdry. 2 Whorish.
———d, *s.f.ind.* Silliness, tawdriness. 2 Whorishness.
slinn, -eachan, *s.m.* Weaver's sleay or reed, see beart-fhigheadaireachd. 2**Flat stone. 3** Tile. 4**Flag. [**s.f.*]
slinn-chrann,** -chrainn, *s.m.* Flag-staff.
slinneag,†† -eig, -an, *s.f.* Shoulder-blade. A' chuid nach 'eil air an t-slinneag tha e air a' chliathaich, *what is not on the shoulder may cover the ribs.*
slinnean, -ein, slinneinean, *s.m.* Shoulder, shoulder-blade. 2††Fore-quarter of mutton.
———ach, -aiche, *a.* Shouldered, broad-shouldered. 2 Of a shoulder. Fear s. leathann, *a large, broad-shouldered man.*
———ach,** -aich, *s.m.* Broad-shouldered man.
———achd, *s.f ind.* Species of augury, performed by inspecting the shoulder-blade of an animal, by eating the flesh without touching the bone with tooth or nail.
———aich, *s.pl.* Scapulars, see eun, No.2, p.398.
slinneach,** -ich, *s.f.* House-tiles, quantity of house-tiles.
sliob,** *s.m.* Polish, gloss.
sliob, *v.a.* Stroke, rub gently with the hand. 2 Polish, gloss, varnish. 3 Lick. 4* Cajole. 5 Anoint. 6**Lubricate. 7 Smear, daub, spatter, cover. 8**Cherish. 9**Japan. 10††Steep. S. bodach is sgròbaidh e thu, *stroke a churl and he will scratch you.*
——ach, -aiche, *a.* Clumsy, awkward.
——ach,** *a.* Smoothing, polishing. 2 Besmear-

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

ing daubing, spattering.
——achadh,** -aidh, *s.m.* Smoothing, polishing, glossing. 2 Besmearing, daubing, spattering.
——achd, *s.f.* Sleekness.
——adh, ** *3rd.sing. & pl. imp.* of sliob.
——adh, -aidh, *s.m.* Stroking, act of rubbing gently with the hand. 2 Act of licking. 3 Act of polishing, smoothing or glossing. 4** Besmearing, daubing, spattering. 5** Varnish, gloss, polish. 6††Steeping. A' s—, *pr. pt.* of sliob.
——aich, *v.a.* see sliob.
——aichte, *past pt.* Smoothed, polished, glossed, varnished. 2 Besmeared, daubed.
sliobair, -ean, *s.m.* Clumsy, awkward fellow. 2 *Cajoler. 3**Japanner.
———eachd, *s.f.ind.* Clumsiness, awkwardness.
sliobaist, -ean, see slibist.
———each, -eiche, *a.* see slibisteach & sliobasta.
sliobasta,* *a.* Clumsy.
sliobastachd,* *s.f.* Clumsiness.
sliob-cheannach,**a. Having smooth hair, glossy-haired. Anna chioch-chorrach, shliob-cheannach, *round-breasted, glossy-haired Anna.*
sliobhag,(AC) *s.f.* Small, 3-pronged mattock, used by the inhabitants of the Isles to assist in lifting carrots on *Domhnach Curran* (carrot Sunday.) 2(DC) Dibble for planting potatoes in the "lazy-beds,"—*Uist.* [pleadhag in *Argyll.*]
sliob-oladh, *s.m.* Varnish.
sliobradh, -aidh, *s.m* Glossiness. 2 Draught.
sliobta *past pt.* Stroked, gently rubbed. 2 Licked. 3 Polished, varnished, glossed, smoothed. 4**Anointed.
sliochd, -a, -an, *s.m. coll.* Seed, offspring, progeny, descendants, posterity. 2 Tribe, clan. 3 Troop. 4* Track, print, rut. 5 Multitude. S. nan rothan, *the track of the wheels*; s. a mheur, *the print of his fingers;* s. Dhiarmaid, *the offspring of Dermid (the Campbells.)*
sliochdach, -aiche, *a.* see sliochdmhor. 2** Having tracks.
sliochdachadh,(MS) *s.m.* Generation, prolification.
sliochdar, see sliochdmhor.
sliochdmhor, -oire, *a.* Prolific, having many descendants. 2 Populous.
sliochdmhorachd, *s.f.ind.* Fertility, procreativeness.
†slioch, see sliochd.
sliodach,** -aiche, *a.* Cunning, artful. Gu s., *cunningly.*
sliog,** *s.m.* Polish, gloss.
sliog, *v.a.* see sliob. 2 *v.n.* Peak.
sliog,(AF) *s.f.* Cray-fish. 2 Scallop. 3 see slige.
sliogach, -aiche, *a.* Sly, subtle. 2 Sleek, slim. 3 Sneaking. 4 Caressing, stroking. 5 Lubricated. 6 Glossy, smooth. 7 Silky. 8 Fawning. 9 Testaceous.
sliogadh, see sliobadh. A' s. an ula, *stroking their beards.* A' s—, *pr.pt.* of sliog.
sliogaich, *s.pl.* Feelers.
sliogair, -ean, *s.m.* Sneaking, sly fellow. 2*Stroker, cajoler.
sliogan, *dim.* of sliog, *s.m.* Shell, bomb. 2 Cup. 3 Hulk. 4 Scale.
slioganach,** *a.* Dappled.
sliogard,** -aird, *s.m.* Crust. 2 Pumice-stone.
sliogardach,** *a.* Crusty. 2 Hard.
sliogarnach,** *a.* Made of shells, shelly.
sliogarra,** *a.* Smooth, glossy, sleek. 2 Silky. 3 Lubricated.
sliogarrachd,** *s.f.* Smoothness, sleekness, glossiness.
sliogta, *past pt.* Stroked, smoothed, caressed. 2 Glossed. 3 Lubricated. 4** Silky. 5 Fawned. 6 see sliobta.
sliogte, see sliogta.
sliom,(AC) *s.* Buttercup, see cearban.
sliom, -a, *a.* Sleek, smooth, glossy. 2 Slippery. 3 Inert, dull, inactive. 4 Slim, slender. 5 Insincere, deceitful. 6 Lubricated. Na bric sh., *the sleek trout.*
sliom, *v.* see sliob.
sliomacaireachd,(MS) *s.f.* Adulation, mealy-mouthedness.
sliomach,-aiche, *a.* Cringing, flattering. 2 Mean. 3 Deceitful, plausible. 4 Slim. 5 Sleek, smooth, glossy. 6 see sliom.
sliomachd,** *s.f.* Sleekness. 2 Lubricity. 3 Smoothness. 4 Glossiness. 5 Slipperiness. 6 Slimness.
sliomachd, *pr.pt.* a' sliomachdadh, *v. a.* Fawn, sponge in a mean fashion. 2 Daub.
sliomachdair,†† -an, *s.m.* Mean parasite, spongy, lazy, inactive person, adulator.
———eachd, see sliomaireachd.
sliomadair, see sliomair.
sliomadaireachd, see sliomaireachd.
sliomaich,(MS) *v.a.* Agrease.
sliomaich,(MS) *v.a.* Coax.
sliomaich,** *v.a.* Make sleek, smooth or glossy. 2 Lubricate. 3 Fawn, flatter.
sliomair, -ean, *s m.* Meanly flattering fellow, flatterer, deceitful and fair-speaking person, fawning fellow. 2 Lazy, inactive person. 3 Weakling. 4 Craven. 5 Thief, filcher.
sliomaireachd, *s.f.ind.* Mean flattery. 2 Deceitful and fair talk. 3 Laziness, inactivity. 4 Filching.
sliomair, -ean, *s.m.* see sliomair.
sliomaireachd, see sliomaireachd.
sliomchaireachd,(MS) *s.f.* Assentation.
sliomchrathach,(MS) *a.* Pinguid.
sliomhaireachd, see sliomaireachd.
sliom shligneach, *s.m.* Ganoid.
slionc,** *v.a.* Beat.
sliop, -a, -an, *s.f.* Lip, blubber-lip.
sliopach, -aiche, *a.* Lipped. 2 Blubber-lipped.
sliopag,(AC) -aig, -an, *s.f.* see sliobhag. 2** Thick-lipped young female.
sliopair, -ean, *s.m.* Blubber-lipped-person. 2* Sulky, surly fellow.
sliopaireachd, *s.f.* Blubbering.
sliop-chraos, -aois, -an, *s.m.* Fat, thick, slavery lips.
slios, -a, -an, *s.m.* Side. 2 Side of a man or beast, flank. 3 Side of a country. 4 Extending, sloping declivity. 5 Coast, border, edge. 6 Drag-rope, trace, see No. 19, p. 263. 7(DC) Slap on the side of the head.
An stoirm èitidh ri s. carraig, *the dreadful tempest beating against the side of a rock*; s. nan liath-bheann, *the side of the grey hills*; s. a sgéith, *the edge of his shield.*
sliosach, -aiche, *a.* Having sloping sides. 2 Having many sides. 3 Having a border.
sliosag, see sliseag.
sliosan, *s.pl.* Plates of a loom. 2 Drag-ropes or traces, see under crann-nan-gad.
sliosda,** *a.* Fair. 2 Courteous. 3 Flattering, fawning.
sliosdachd,** *s. f.* Fairness. 3 Courteousness. 3 Flattery.
sliosmhor.** *a.* Glossy, polished. 2 Extensive, as a country side.
sliosnach,** *a.* Having sides, lateral, multilateral. 2 Angular.
sliosrach,(AC) *s.* Slope, declivity.
sliosraig,‡ *Badenoch* for liosraig.
slis, -e, -ean, *s. f.* Cup, slice, shave. 2 Lath, thin board. 3 Spill.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

slis,** *v.a.* Slice, chip, shave, as wood.
slis-cheumnach,** *a.* Apt to make a digression.
slis-cheumnaich,** *v.a.* Make a digression.
sliseag, -eig, -an, *s.f.dim.* of slis. Spill or shaving of wood. 2 Thin slice of anything. 3** Temple upper part of the head.
sliseagach, -aiche, *a.* Sliced, in shavings, cut into thin slices. 2 Of, or belonging to, shavings. 3 Abounding in shavings, slips or spills.
sliseagachadh, -aidh, *s.m.* Chipping, act of chipping or planing of wood. 2 Cutting, slicing, act of cutting into slices. A' s—, *pr. pt.* of sliseagaich.
sliseagaich, *pr. pt.* a' sliseagachadh, *v.a.* Chip, plane, cut into slices.
sliseagaichte, *past pt.* of sliseagaich. Cut into slices, planed, chipped.
sliseagan, *n.pl.* of sliseag. Wood-shavings, chips.
sliseag-uchd, *s.f.* Breast-beam of loom—*Hybrids.*
slisinn, *s.* Ear-mark on sheep, see under comharradh-cluais.
slisneach, -ich, *s.f.coll.* Chips, shavings, spills. 2**Scales.
slisneach, -eiche, *a.* Having many sides.
slisneach, (AC) *s. m.* Plant like the heal-wort (slàn-lus.)
slitheannach,** *a.* Horned.
slob,** -uib, *s.m.* Dam, pond. 2 Splash, puddle.
——**ach,**** *a.* Splashy. 2 Puddly.
sloban, -ain, *s.m.* Puddle, little pool.
sloc, -uic, -an, *s.m.* Pit. 2 Den. 3 Hollow, cavity, dell, hold, hole. 4 Grave. 5 Dungeon. 6 Pool, gutter, ditch. 7 Marsh. 8 Plough. S.-guail, *a coal-pit;* s.-sàbhaidh, *a saw-pit.*
slocach, -aiche, *a.* Full of pits, dens, hollows, cavities, dungeons ditches or marshes. 2 Like or pertaining to any of these.
slocachadh, -aidh, *s.m.* Hollowing, act of hollowing out or excavating. 2 Digging, act of digging or making a pit or ditch, den or dungeon. A' s—, *pr.pt.* of slocaich.
slocaich, *pr.pt.* a' slocachadh, *v.a.* Hollow or excavate anything. 2 Dig or make a ditch or pit, draw a ditch.
slocaichte, *past pt.* of slocaich. Hollowed out, excavated. 2 Dug, made into a pit or ditch.
slòcan, -ain, -an, *s.m.* Sloke (seaweed)—*porphyra laciniata.*
slocan, -ain, -an, *s. m., dim.* of sloc. Little pit, ditch, hollow, dell or den. 2**Little pool. 3 (MS) Socket.
slòcan, see lòchdan.
slocanach, -aiche, *a.* Full of little pits, ditches, hollows, dens, caves or dells.
sloc-buntàta, *s.m.* Potato-pit. The potato-pits in Sutherlandshire before the clearances were made about 3 ft. square and nearly 3 ft. deep. In a shelving bank that greatly resembles an old beach, above the shepherd's house at Learable in Kildonan, may be seen in a row some twenty or thirty such pits, now partly filled up by the falling in of the sides. In olden times, when a blacksmith's customers had to bring him their own fuel, an empty potato-pit was used to convert the necessary quantity of peat into charcoal. This kind of pit is still used for potatoes in the county—CR.

It was, of old and till recently, the custom in *Uist* to dig a hole in the floor near the hearthstone, and now and again take a live peat from the fire, dip it in water and put it into this hole. The charcoal thus accumulated was for use in the smithy, as everyone who needed the smith's services had to provide the necessary charcoal.—DC.

sloc-chartach, see crotag.
slochd, see sloc.
†sloch-sine, *s.f.* Flake of snow.
sloc-sàbhaidh ** *s.m.* Saw-pit. [**s.-shabhaidh,]
slod, -oid & -uid, *pl.* -an, see lod.
slodach,** *a.* Full of little pools or puddles.
slodan,** -ain, *s.m.* Little pool or puddle. [for lodan.]
slodanach, *a.* Full of little pools or puddles.
slodhag, -aig, -an, *s.m.* **Lining of a horn. 2 see sladhag & slabhag.
slodhagach, *a.* Lined, as a horn.
slogag, (DU) *s.f.* Dell.
slogair, *s.m.* Gulf.
slogan, see sluagh-ghairm.
slògh, -òigh, *s.coll.* People. 2 *gen. pl.* of sluagh.
slògha, (a sh— !) *voc.pl.* of sluagh.
sloidhe, *s.f.* Section, division.
slòigh, *n. & dat. pl.* of sluagh.
slòigh, *g n. & pl.* of sluagh.
slòighre, *s f.* Sword, scimitar.
sloighte, see slaight. 2 *past pt.* Beaten. 3**Run dross from the ore of metal. Obair sh., *beaten work.*
sloightear, -ir, -an, see slaightear.
sloightearachd, see slaightearachd.
sloightearachd, see slaodaireachd.
sloighteil, *a.* see slaodach.
sloighteil, see slaighteil.
sloiun, *v.a.* Surname, bestow a surname. 2 Trace one's pedigree. Cò uaith a shloinneadh i? *from whom was she surnamed?* sloinnidh se e féin, *he will surname himself.*
sloinne, *s.f.* see sloinneadh.
sloinneach, *a.* Clannish. 2 Fond of genealogy.
sloinneachail,** *a.* Genealogical.
sloinneadh, -idh, -idhean, *s. m.* Surname, patronymic. 2 Surnaming, act of surnaming. 3 Act or mode of tracing one's pedigree. A' s—, *pr.pt.* of sloinn.
sloinneadh, *3rd.pers.sing. & pl. imp.* of sloinn.
sloinnear, *fut.pass.* of sloinn.
sloinnich, *v.a.* Surname, give a surname.
sloinnte, *past pt.* of sloinn. Surnamed. 2 Having one's genealogy traced.
sloinnte,** *s.f.* Genealogy. Nuair a dh'airmheadh an s., *when their genealogy was reckoned.*
sloinntear, -eir, -an, *s.m.* Genealogist.
————,(DMy) s *m.* Dishonest person—*Lewis.*
sloinntearach,** *a.* Genealogical.
sloinntearachd, *s.f.* Act or habit of tracing genealogies. 2 Genealogy. 3 Extraction. S. neo-chriochnaich, *endless genealogies.*
sloinnteil, -e, *a.* Genealogical. 2 Arranged genealogically. 3 Skilled in or fond of genealogy
sloisir, *pr. pt.* a' sloisreadh, *v. a.* Dash, beat against, as the sea against the shore. 2 Wash by working backwards and forwards in water 3 Mix soft substances together. 4 Daub, daub over.
sloisreach, -eiche, *a.* Dashing, rumbling, as the surge beating against the shore. 2 Washing. 3 Mixing soft substances together, 4 Daubing, daubing over.
sloisreadh, -idh, *s.m.* Dashing, as of the waves against a rock. 2 Act of washing by working anything in water. 3 Act of mixing soft substances together. 4 Daubing, act of daubing over. A' s—, *pr.pt.* of sloisir.
sloisridh, *fut. aff.a.* of sloisir.
sloitir, see slaightear.
slonnadh,** -ain, *s.m.* Cattle, flocks.
sluagh, *gen.* sluaigh, *dat.* sluagh, *voc.* a shluaigh ! *n. l.* slòigh, *gen.* slògh, *dat.* slòigh, *voc.* a shlòghа ! *s.m.* People, folk. 2 Multitude. 3 Host, army. 4(AC) The hosts, the spirit-world. O sluagh !—an exclamation having much the same import as *O dear !*—a calling for succour to the fairies.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

sluaghach, -aiche, *a.* Populous, thickly inhabited.
sluaghail, -e, *a.* see sluaghach.
sluaghar, see sluaghmhor.
sluagh-chuntas, -ais, *s.m.* Census.
sluagh-ghabhaltachd,‡‡ *s.f.* Popularity.
sluagh-ghairm, -e, -ean, *s.f.* Signal for a gathering among the Highland clans. Every clan and many districts had their own distinctive war-cry, e.g. Càrn na cuimhne ! (Braemar) ; Creag Ealachaidh ! (Grants) ; Fraoch ! (MacDonalds) ; Loch Sloigh ! (MacFarlanes) ; Ard Chaillich ! (MacGregors) ; Tulach ard ! (MacKenzies) ; Creag dhubh ! (MacPhersons.) The war-cries &c. of most of the clans will be found in *Am Feillire, 1900.*
sluagh-iogunadh, -aidh, *s.m.* Popularity.
sluagh-iùl, *s.m.* Politics.
s. aghartach, *liberal politics.*
s. ais-cneumach, *reactionary politics.*
s. athaiseach, *conservative politics.*
s. aonachdach, *unionist politics.*
s. pàirteach, *socialist politics.*
sluagh-iùlach, *a.* Political.
sluaghmhoire, *comp.* of sluaghmhor.
sluaghmhoireachd,(MS) *s.f.* Publicity. 2**Populousness.
sluaghmhor, -oire, *a.* Same meanings as sluaghach.
sluagh-mhortadh, -aidh, *s.m.* Massacre.
sluagh-rùn, *s.m.* Policy.
s. coimheach, *foreign policy.*
s. na dùthcha, *national policy.*
s. na h-impireachd, *imperial policy.*
sluagh-thaitneachd, *s.f.ind.* Popularity.
sluaigh, *gen.sing.* of sluagh.
sluaighneach,* -eich, *s.f.* Expedition.
†**sluaighneachd**, -an, *s.f.* Expedition. 2**Population.
sluaisd, see sluaisdir & sluasaid.
sluaisdir, -an, *gen.* of sluasaid.
sluaisdeach,** *a.* Shovelling. 2 Shoving.
sluaisdeachadh, see sluaisreadh.
sluaisdeachd, *s.f. & pres.pt.* of sluaisd.
sluaisdean, *pl.* of sluasaid.
sluaisdich,** see sluaisdir.
sluaisdicnte, *past pt.* of sluaisdich.
sluaisdir, *pr. pt.* a' sluaisreadh, *v.a.* Shovel, clean or work with a shovel. 2 Mix or work together, as lime. 3 Shove aside as with a spade or shovel. 4*Draggle. 5*Poke.
sluaisir, see sluaisdir.
sluaisne, *gen.* of sluasaid.
sluaisnean, *pl.* of sluasaid.
sluaisreadh, -idh, *s.m.* Mixing, act of mixing or beating together lime, &c., with a shovel. 2 Cleaning, shoving or cleansing with a shovel. 3††Slubbering. A' s –, *pr. pt.* of sluaisir.
sluasaid, *v.n.* see sluaisdir.
sluasaid, -e, -ean, *s.f.* Shovel, spade. S.-ghrioseach, *a fire-shovel.*
sluasaideach, *a.* Abounding in shovels or spades.
†**sluch**,** *v.a.* Quench, extinguish, stifle. 2 Overwhelm.
sludrach,** -aich, *s.m.* Foundation.
†**sludhach**,** -aich, *s.f.* Horn.
sludhagan,** -ain, *s.m.* Horn. 2 Lining of a horn.
sludraiche, see sludrach.
slug, *v.* see sluig.
slug,* -uige, -an, *s.f.* Miry puddle.
slug, -uig, *s.m.* Gulp.
slugach, -aiche, *a.* That swalloweth, gulping. 2 Apt to swallow or gulp.
slugadh, -aidh, *s.m.* Swallowing, act of swallowing or gulping. 2 Absorbing, act of absorbing. 3 Engulphing, act of engulphing or overwhelming. 4 Devouring, act of devouring. A' s—, *pr.pt.* of sluig. Craos-shlugadh, *a voracious swallowing, gluttony.*
slugag,†† -aig, -an, *s.f.* Small pool.
slugaid, -e, -ean, *s.f.* Slough, deep miry place. 2 Quicksand. 3 Throat, gullet.
slugaideach, -eiche, *a.* Abounding in sloughs or quagmires. 2 Like a quagmire. 3 Having a large throat. 4 Voracious.
slugaideachd, see slugaireachd.
slugair, -ean, *s.m.* Glutton, devourer. 2 Spendthrift. 3 Hard drinker.
slugaireachd, *s.f.ind.* Voracious gulping or swallowing. 2 Gluttony. 3 Extravagance.
slugaite,** -an, *s. m.* Quicksand. 2 Slough, muddy place.
slugan, -ain, -an, *s. m.* Orifice of the gullet—windpipe is sgonnan. 2 Neck of a bottle. 3 Whirlpool. 4 Gulf. 5(AF) Opening of a kiln, whereon the corn to be dried is laid. 6 Sheaf-swallow of a pulley, see Ulag 5, p.78. 7**Little deep pool, deep pool in a stream. 8**Gorge. 9††Pit. Bha leum dlù aig s. carraig, *he sprang quickly into the pool of the rock* ; bha mo chridhe 'nam sh., *my heart was in my mouth (with terror.)*
sluganach, -aiche, *a.* Voracious, gluttonous. 2 Having a large throat. 3 Swallowing, gulping. 4 Gulfy, abounding in gulfs. 5††Pertaining to a pit. 6 Abounding in deep pools.
sluganachd,** *s.f.* Gluttony, greediness. 2(DC) Bronchitis.
slug-ghaineamh,** -eimh, *s m.* Quicksand.
slug-pholl, -phuill, *s.m.* Whirlpool.
sluic, *gen.sing. & n pl.* of sloc.
sluichd, see sluic.
sluig, *pr.pt.* a' slugadh, *v. a.* Swallow. 2 Absorb. 3 Engulph, overwhelm. 4 Devour. Shluig e daoine, *it devoured men.*
sluigean,* -ein, *s.m.* ‡‡Glutton. see slugan.
sluigear, *fut.pass.* of sluig. Shall be swallowed.
sluigidh, *fut.aff.a.* of sluig. Shall swallow.
sluigte, *past pt.* of sluig. Swallowed. 2 Absorbed. 3 Engulphed. 4 Devoured. 5 Engorged.
sluinn,** *s.f.* Telling, declaring.
sluinnse,(DMK) *v.* Lash, thrash—*Caithness.*
sluisich, -e, *s.f.* Wash, the food of pigs.
sluisin, *v.* see sluaisir.
sluisneadh, *s.m. & pr.pt.* see sluaiseadh.
†**slus**, *v.a.* Dissemble. 2 Counterfeit.
smachd, *s.m.ind.* Authority, control, rule, discipline, subjection, command. 2 Awe. 3 Reproof, correction. Fo d' s.-sa, *under your control ;* cum s. air. *or* cuir s air, *correct him. discipline him;* s. airme, *military discipline ;* cuir fo s., *bring into subjection.*
———,(CR) Syllable—*Suth'd.*
———,** *v.a.* Chastise. 2 Correct, reprove. 2 Correct. 3 Rule, keep under subjection, keep in awe, discipline.
smachdach, -aiche, *a.* Having or using control, authoritative. 2 Correcting, chastising, reproving. 3 Prone to chastise or correct, ruling, lording, keeping in subjection or awe.
———adh, -aidh, *s.m.* Reproving, act of reproving or correcting. 2 Chastising. 3 Correction. 4 Proof. 5 Rule, awe, subjection. A' s—, *pr.pt.* of smachdaich.
smachdachd, *s.f.ind.* Austereness, severity.
smachdaich, *pr.pt.* a' smachdachadh, *v. a.* Reprove, correct, check. 2 Chastise. 3 Discipline, rule, command. 4 Reprove severely.
smachdaichte, *past pt.* of smachdaich. Reproved, corrected. 2 Chastised. 3 Brought under subjection.
smachdail, -e, *a.* Authoritative, commanding,

Digitized by INTERNET ARCHIVE
UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

disciplinary, lordly, overbearing. 2 Austere.
smachdair,** -ean, *s.m.* Disciplinarian, authoritative person.
smachdaire,(DC) *s.m.* Ptarmigan, see tàrmachan.
smachdalachd, *s.f.ind.* Authority, keeping under awe or control. 2*Firmness of character.
smachdan,(DC) *s.m.* Ptarmigan, see tàrmachan.
smachd-bhann,** -ainn, *s.m.* Penal law, code of criminal law.
smachd-lann, -ainn, -an, *s.m.* House of correction.
smachduchadh, see smachdachadh.
smachduich, see smachdaich.
smàd, *v.a.* Threaten, use threatening words. 2 Intimidate, scare. 3 Beat away. 4 Abuse, revile terribly. 5**Boast.
smad, *s.m.ind.* Particle, jot, the smallest particle of anything. 2 Spot, stain. 3** Smut, soot.
smadach,** *a.* Sooty, smutty.
smàdach,** *a.* Prone to boast. 2 Prone to beat off. 3 Intimidating, scaring.
smàdadh,** -aidh, *s. m.* Threatening, act of threatening or using threatening words. 2 Intimidating, act of intimidating. 3 Act of beating away. 4 Abusing, abuse. 5**Boasting. 6††Scolding. A' s—, *pr.pt.* of smàd.
smàdail, -e, *a.* Threatening, scaring, that threatens. 2 Intimidating. 3 Beating away. 4* Abusive. 5‡‡Knocking down at a blow. 6** Boastful.
smadan, -ain, *s.m.* Soot, smut. 2 Particle of smut or soot. 3 Jot, particle.
smadanach,** *a.* Smutted, sooted. 2 Dusty.
smàg, àig, -an, *s.f.* Paw. 2 *in derision*, Clumsy paw, clumsy foot. 3 Large hand. 4 see smàig. 5 see smàigean. Air smàgan, *on all fours.* (for màg.)
smàg, *v.a. & n.* see smàgaich.
smàgach, -aiche, *a.* Pawed, as a beast. 2 Having large paws. 3 Clumsy-footed. 4 Pawing, groping.
smàgach, -aich, -aichean, *s.m.* see smàigean.
———-adh, -aidh, *s.m.* Act of creeping along. 2 Moving on all fours. 3**Pawing. 4 Groping. A' s—, *pr. pt.* of smàgaich.
smàgaich, *v.a.* Creep along. 2 Move on all fours. 3 Grope. 4 Sprawl.
smàgail, *s.f.ind.* see smàgaireachd.
smàgair, -ean, *s.m.* One that creeps along, or moves on all fours. 2 Lazy fellow. 3**Clumsy-footed fellow. 4**Clumsy-fisted fellow. 5 Sprawler. 6 Groper.
smàgaireachd, *s.f.ind.* Creeping along, creeping on all fours. 2 Groping. 3 Pawing.
smàgairneach,** *s.m.* Any creature with large paws. 2 Large-boned person. 3* Large-pawed squat fellow or beast.
smàgairneach, *a.* Having large paws. 2 Large-boned.
smàgarsaich,** *s.f.* Pawing. 2 Groping. 3 Creeping. 4 Moving on all fours.
smàgarsanaich, (a') *pr.pt.* Moving on all fours.
smaichd, see smachd.
smàidse, see màidse.
smàidseart,** -eirt, *s.m.* Active young man.
smàig,* *s.f.* Tyranny, the upper hand, ascendant, despotism. Fo d' s., *under your sway* or *despotism.*
smàig, *gen.sing.* of smàg.
smàigealachd, *s.f.* Extreme despotism, great degree of tyranny.
smàigean, -ein, *pl.* -an & -geinean, *s.m.* Toad. 2 Frog. Cluich nan smàigean, *leap-frog.*
———-ach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, toads or frogs. 2 Full of frogs. 3 Like a frog. 4 Creeping. 5 Groping.
smàigeanachd, see smàgaireachd.
smàigeil, -e, *a.* Despotic, arbitrary.
smàigir,* -ean, *s.m.* Tyrant, despot.
———-eachd,* see smàigealachd.
smàil, *gen. & voc. sing.* of smàl.
smàil, *pr.pt.* a' smàladh, *v.a.* Snuff, top, as a candle. 2 Extinguish. 3 Knock down, dash to the ground. 4(DU) "Rest" a peat-fire by covering half-burnt peats with ashes to retard combustion. In the morning these live peats are blown into flame to rekindle a fire. S. e as a chéile iad, *he dashed them to pieces;* s. as an teine, *extinguish the fire.*
smaile,** *s.f.* Blow, buffet.
smaiteard, see smaidseart.
smàl, *gen.* -àil [smeòil—*W. of Ross-shire,*] *pl.* -an, *s.m.* Snuff of a candle. 2 Vapour, cloud, gloom. 3 Cinders, embers. Gleann smeòil, *glen of mist—Sàr-Obair.* Fo s., *extinguished.*
smàl, *v.a.* see smàil.
smal, -ail, *s.m.* Dust, dust covering anything. 2 Obscurity, dimness. 3 Stain, blemish, spot. 4 Sorrow, vexation. 5**Infirm or sickly person. 6**Blot, blemish. Thàinig s. air an òir, *the gold became dim;* a' chòisridh nach fhanadh gnè s. air an ìnntinn. *the company on whose minds no gloom would stay—Beinn Doran,l.89.*
smalach,†† *a.* Dusty, stained, spotted.
smàladair, -ean, *s.m.* Pair of snuffers. 2**Extinguisher.
smàladaireachd, *s.f.* Business of a candle-snuffer. 2 Act of candle-snuffing.
smàladan, -ain, -an, see smàladair.
smàladh, -aidh, *s.m.* Snuffing, act of snuffing a candle. 2 Blowing out, act of blowing out extinguishing or quenching a flame. 3** Quenching. 4** Knocking down. 5 Smashing, dashing to pieces. 6(DU) Act of resting a peat-fire. A' s—, *pr.pt.* of smàil. A' s. an t-eanchainn asda, *dashing out their brains;* cnap-smàlaidh, *a gathering coal, to keep the fire alive overnight.*
smàlag, -aig, -an, *s.f.* Fillip, jerk of the finger.
smalag, -aig, -an, *s.m.* Saith, cuddy, coal-fish going into its second year. 2(AF) Smelt. 3 *Smacking kiss.
smalan, -ain, *s.m. dim.* of smal. Gloom, melancholy, grief, sorrow. 2**Dust, particle of dust.
smalan,** -ain, *s. m.* Hillock. 2 Little blow, fillip.
smalanach, -aiche, *a.* Sorrowful, dejected, grieved, vexatious. 2**Full of hillocks.
smalanachd, *s.f. ind.* Sorrowfulness, grievousness, gloominess.
smàl-shoitheach, -ich, -ichean, *s.m.* Extinguisher.
smaogal,** -ail, *s.m.* Husk, hull. S. chnò, *the husk of a nut.*
smaogalach, *a.* Husky, having a husk or hull.
smaoin, -e, -tean, *s.f.* see smuain.
smaoineachadh, see smuaineachadh.
smaoinich, *pr. pt.* a' smaoineachadh, *v.* see smuainich.
smaointe, see smuain.
smaointeach, see smuaineach.
———-adh, see smuaineachadh.
smaointeachail, see smuaineachail.
smaointean, see smuainean.
smaointich, see smuainich.
smaointinn, see smuaineachadh.
———-each, -eiche, see smuaineach.
smaolach,** -aich, *s.m.* Thrush, ouzle.
smaosdrach,** -aich, *s.m.* Cartilage, gristle.
smaosrach, -aich, see smaosdrach.
smarach, -aich, *s.m.* Lad, growing youth—*Badenoch.* 2* Large louse.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Final from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

smàrag, -aig, -an, *s.f.* Emerald.
smàragach, *a.* Abounding in emeralds. 2 Of emeralds. 3 Like an emerald.
smat,** *s.* Gobbet.
smeac,** *s.m.* Smack. 2 Kiss. 3 Fillip with the finger.
smeacadh, -aidh, *s.m.* Palpitation, panting. 2 Smacking with the lips.
smeach,* *v.n.* Make a fillip with the fingers.
smeach,* -a, *s.m.* Smart, quick blow, fillip. 2 see smeachan.
smeachach,** *a.* Chinned. 2 Having a peaked chin. 3 Having a long neck.
smeachan, -ain, -an, *s.m.* The chin. 2††Bandage round the chin. 3 Band under the jaw of a horse, chin-bit or cheek-band of a bridle. 4 4 Person with a peaked chin. 5(MS) Nozzle. 6 Little chin. 7(DMy) ['s an toirsgein] the step on the peat-spade on which the person cutting places his right foot every time he cuts.
smeachanach, -aiche, *a.* Chinned. 2 Having a prominent or peaked chin.
smeacharan,* -ain, *s.m.* see smeacharanachd.
smeacharanachd, *s.f.ind.* Taking too great a liberty with people or with edged tools, e.g. taking a person by the chin, bandying civilities with your betters, officious interference. 2* Tampering.
smeacharra, *a.* Lively, brisk.
smeacharrachd, *s.f.ind.* Liveliness.
smeachranachd, see smeacharanachd.
smeadairneach, -eich, *s.f.* Slumber, slight sleep.
smeag,(MMcD) *s.f.* Neck-rope for a cow, tied to the *dornan—Lewis.*
smealach, -aich, -aichean, *s.f.* Offal. 2 Remains of goods, provisions or money. 3 Dainties, sweets.
smealach,* -aiche, *a.* Having a beautiful eye or engaging countenance.
smeal-ghobach, -aiche, *a.* Fond of dainties.
smealas, -ais, *s.m.* Relish for sweet things.
smeallach, see smealach.
smèar, *v.* see smeur.
smear, -a, *s.m. prov.* for smior.
smearach, -aiche, *a.* see smiorach & smeurach.
smearachadh, see smeurachadh.

socail,** *a.* Easy, mild, gentle.

socain, *gen.sing.* of socan.

socair, -e & **socrach**, *s.f.* Ease, rest, tranquility. 2 Comfort. 3 Mildness. 4 Prop, pillar, rest. 5 Assuagement. 6* Leisure. 7 Peace. Opposite of docair.

Gabh s., *take ease*; am bheil thu air do sh.? *are you at leisure?* a' cheud s. a thig, *the first*

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

abatement of the storm ; gun s. oidhche no là, *without peace night or day ;* s. a dhuine, *take it easy, my dear sir !*

socair, -e, *a.* Easy, quiet, at ease, tranquil. 2 Pleasant. 3 Mild, gentle, comfortable, safe. 4 Slow. Tha mi s., *I am at peace;* tha 'm feasgar s., *the evening is mild.*

socair ! *int.* Avast ! avast !

socait,** -ean, *s.f.* Socket.

———each,** *a.* Socketted. 2 Like a socket.

socal,** -ail, *s.m.* see socail.

socalach,** -aiche, *a.* Easy, mild. 2 At rest.

socamhlach, -aiche, *a.* see socalach.

socan, -ain, -an, *s.m.dim.* of soc Little snout or beak. 2 Little coulter. 3 Big-bellied man. 4 Little sock. 5 Little rest or prop. 6**Field-fare. 7 Little ploughshare.

socanach, -aiche, *a.* Pertaining to little snouts, socks, coulters, &c.

socarach, see socrach.

†sochaidh,** *s.f.* Army, host, multitude.

sochair, -e, -ean, *s.f.* Benefit, profit, emolument. 2 Immunity, privilege. 3 Comfort, ease. 4 (AC) Right. 5††Gift. 6 Favour. Cha s. sam bith sin dhomh-sa, *that is no advantage to me ;* sochairean chlann Dhé, *the privileges of God's children.*

so-chàirdeach,** *a.* Nearly related. 2 Intimately acquainted.

so-chairdean, *s.pl.* Friends, intimate friends.

so-chairdeas,** *s.m.* Friendship, intimate friendship.

sochaireach, -eiche, *a.* Yielding profit, beneficial, advantageous. 2 Holding or enjoying privileges or immunities. 3 Obliging. 4 Lucrative. 5 Easy-minded. 6 Right.

————d,** *s.f.* Blessedness. 2 Obligingness. 3 Lucrativeness. 4 Easy-mindedness.

sochairean, *s.pl.* Benefits, blessings.

sochairich,** *v.* Bless.

so-chaitheamh,** *a.* Consumable.

so-chamadh,** *a.* Flexible.

so-chaochlaideach, -eiche, *a.* Easily changed, changeable, transmutable, convertible.

so-chaochlaideachd, *s.f.ind.* Mutability, facility of being changed.

so-chaochladh, -e, *a* see so-chaochlaideach.

sochar, -air, *s.f.* Silliness, weakness, instability of purpose, yielding or too compliant disposition, simplicity. 2 Indulgence. 3 Immunity 4(MS)Interest. 5 (MS) Present, donation. 6 see sochair. 7 (DMy) Bashfulness, shyness. Is i an t-s. a thug orm a dheanamh, *pure simplicity made me do it ;* is miosa an t-s. na 'mbeirle, *simplicity is worse than theft.*

——ach, -aiche, *a* Silly, of a too yielding disposition. 2 Boyish 3**Obliging, ready to favour. 4**Lucrative. 5** Easy-minded. 6** Right. 7‡ Simple, compliant 8* Easily imposed upon. Duine s., *a weak* or *simple person*, bho 'n a bha mi cho s., *since I was so simple ;* c' ar son a bha thu cho s. ? *why were you so soft* ?

so-charachaidh,** *a* Agitable

socharachd,* *s.f ind* Gullibility

socharaich,* see sochar.

so-charaichte,** *a* Agitable.

so-charnaidh, *a.* Congestible.

so-chasta,** *a.* Handy, manageable.

so-cheannsachaidh, *a.* Exuperable

so-cheannsachd, *s.f* Manageableness.

so-cheannsaichte, *a.* Conquerable

so-cheannsaidheachd, *s.f ind* Manageableness

sochd,‡ *s.m.* Silence 2 Peace, quietness. 3 see soc

so-cheangladh,** *a.* Associable.

so-chdach, -aich, -an, see socach.

sochdair, see socair.

so-chinealta,** *a.* High-born.

————chd, *s.f.* High birth, nobility.

————s, *s.m* High birth, nobility.

so-chiùineachadh,** *a.* Easily appeased, placable, exorable.

so-chiùinichte, *a.* Easily appeased.

sochladh,** *a.* Sensible.

sochladh, -aidh, *s m.* Fame, character.

so-chlaistinn, *a.* see so-chlaistinneach.

————, *s.* Audibleness.

————each, -eiche, *a.* Audible.

so-chlaoidhte,** *a.* Easily conquered.

so-chlaonadh, -aidh, *s.m.* Aptness to bend. flexibility. 2 Aptness to go astray, towardness.

so-chloiste,** *a.* Audible.

so-chloistinn,** *s.f.* Audibleness.

so-chluinntinn, -e, *a.* Audible, easily heard.

————,** *s.* Audibleness.

sochmadh,** *a.* Abstemious.

sochmhor,** *a.* Abstemious.

so-chnàimhteachd, *s.f.ind.* Corrodibility.

so-chnàimhte, *a.* see so-chnàmhta.

so-chnàmh,** *a.* Easy of digestion, digestible.

so-chnàmhach, see so-chnàmhadh.

so-chnamhadh,** *a.* Digestible.

so-chnàmhaiche,** *s.m.* One who has a good digestion.

so-chnàmhta,** *a.* Easy of digestion, digestible.

so-chobhaiste,** *a.* Conformable.

so-choimeasgta, *a.* Compoundable.

so-choimheid, *a.* Preservable.

sochoire,(MS) *s.* Flexibility.

so-choireachaidh, *a.* Impeachable.

so-chois,** *s.m.* Learned man.

so-choisinnteachd, *s.f.ind.* Maintainableness.

so-choisneadh,** *a.* Attainable.

so-chomhairleach, -eiche, *a.* Easily advised or entreated. 2 Versatile.

————d, *s.f.ind.* Persuasiveness. 2 Versatility.

so-chomhairlich, -e, *a.* see so-chomhairleach.

so-chomharraichte,** *a.* Easily distinguished, observable, conspicuous.

so-chomhdachaidh, *a.* Maintainable.

so-chòmhradhach,** *a.* Conversable, affable, complaisant.

so-chòmhraideach, -eiche, *a.* Affable, conversable, complacent. 2 (MS—chomhraiteach) Familiar.

————d, *s.f* Affability.

so-chompanta,** *a.* Associable.

so-chonnadh, -aidh, *s m.* Cheapness.

so-chòrdach, *a.* Agreeable

so-chosmhuil, -e, *a.* Conformable.

sochrach,(MS) *a.* Available. [MM.]

sochraid,** *s.f* Multitude of people. [Irish—

so-chràimhte, see so-chnàmhta.

so-chràmhta, see so-chnàmhta.

so-chreidimh, -e, *s.f.* Credulity.

so-chreidmheach, -eiche, *a.* Credulous.

————.** -eich, *s.m.* Credulous person.

so-chreidsinn, -e, *a* Credible

so-chridheach, -eiche, *a.* Kind, good-hearted, tender-natured.

————d, *s.f.ind.* Good nature, cordiality, kindness.

so-chrìonadh,** *a* Adustible.

so-chrùbadh, *a.* Contractible.

so-chuimte, *a.* Mouldable, easily shaped.

so-chumta, see so-chuimte.

so-chunntach, -aiche, *a* Countable.

socrach, -aiche, *a* Easy, quiet, comfortable, at rest. 2 Affording ease or comfort. 3 Not easily moved or excited. 4 Slow, sedate, not easily hurried. 5** Firmly-footed, fixed, steady, established. 6* *Smooth, plain, equal. 7*

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

Moderate. Feachd bu sh. ceum, *a host of the steadiest step*, or *marching in line;* gu s., *leisurely, coolly, softly ;* gabhaidh mi an t-slighe gu s., *I will lead the way at leisure.*

socrachadh, -aidh, *s.m.* Establishing, act of establishing, fixing, ordering, arranging, appointing, adjusting, making steady or tranquilizing. 2 Tranquility. 3 Comfort. A' s—, *pr. pt.* of socraich.

socrachd,** *s f.* Steadiness, undisturbedness.

socradh,** *s.m.* Ease, leisure. 2 Tranquility, calmness, smoothness.

socraich, *pr.pt.* a' socrachadh, *v.a. & n.* Establish, fix, make firm or steady. 2 Determine, appoint, decree. 3 Authorize. 4 Arrange, dispose, settle. 5 Appease, quiet, compose, assuage. 6 Stand firm. 7 Stop or cease any motion. 8* Level, make even. 9 Fix or place on a firm footing or foundation. 10 Stand at ease. 11(MS) Ballast. 12(MS) Becalm.

Sh iad uile air an lón, *they all stood firm on the plain ;* sh. am feasgar, *the evening settled ;* sh. e fichead punnd Sasunnach oirre 'sa bhliadhna, *he settled £20 per annum on her;* sh. e a chridhe air sin, *he set his heart on that ,* sh. 'fhearg, *his rage subsided ;* sh. e an gnothach sin, *he arranged that business ;* s. an t-aite seo, *level this place ;* socraichidh mi mo smuaintean, *I will fix my thoughts.*

socraichear, *fut.pass.* of socraich.

socraichidh, *fut.aff.a.* of socraich.

socraichte, *past pt.* of socraich. Established, fixed. 2 Determined, appointed. 3 Arranged, disposed, settled. 4 Appeased, assuaged. 5* Made level, levelled. A chridhe s. air peacadh, *his heart bent on sin ;* tha 'n t-aite sin s., *that place is levelled.*

socras,** -ais, *s.m.* Ease, tranquility.

socul, see socal.

sod, -a, *s.m.* Noise of boiling water. 2 Steam of water in which meat is boiled. 3 Boiled meat. 4**Noise of water when meat is boiling in it.

sod, -oid, -an, *s.m.* Sod. 2 Clumsy or awkward person. 3**Stout, corpulent person.

sodach, -aiche, *a.* Clumsy, awkward. 2 Untidy. 3 Sodish. 4**Stout.

———, -aich, *s.m.* Stout, robust or clumsy man. Is tric a chinn an cneadach 's a dh'fhalbh an s., *often does the puny grow and the stout decay.*

———as, -ais, *s.m.* Clumsiness, awkwardness.

sodag, -aig, -an, *s.f.* Clout, pillion, pannel. 2 Mat made of woven straw and placed under a burden. *Prov.* 3††Turf.

sodagach, -aiche, *a.* Ragged, clouted. 2 Turfed.

sodail, *gen.sing.* of sodal.

sodair,** *v.a & n.* Trot.

———, -ean, *s. m.* Strong-built man. 2 Strong-built or clumsy animal. 3**Clumsy, awkward fellow. 4** Trotting horse. 5 Trotter.

———eachd, *s.f.* Clumsiness, stoutness of form or make.

sodal, ail, *s m.* Flattery. 2 Pride, vain-glory. 3 Fawning, adulation. 4** Arrogance.

———,** *a.* Flattering, fawning. 2 Proud, arrogant.

———ach, -aiche, *a.* Flattering, fawning. 2 Proud, arrogant. 3 Luxurious, epicurean. Gu s., *fawningly.*

———ach, -aich, *s.m.* Flatterer, adulator, parasite, charlatan, cajoler.

———achd, ‡‡*s.f. and* Habit or practice of flattery. 2 Pride. 3**Luxury, epicurism.

———aich** *v.a.* Flatter, fawn, cajole. 2 Soothe.

———aich, -e, *s.f* Habit of flattery, continued or frequent flattery, fawning or cajoling.

sodalaiche, *s.,* see sodalach, *s.*

sodalair,** *s.m.* Adulator, coaxer.

sodalanach, -aiche, *a.* Parasitic.

sodaltach, -aiche, *a.* Parasitic.

sodan, -ain, *s.m* Joy, blithesomeness. 2 Appearance or expression of joy or gladness at meeting. 3 Joyous reception. 4 Caressing. 5*Fawning. 5* Complaisance. Air son sodain riut-sa, *out of sheer complaisance to you ;* rinn an cù s. ris, *the dog fawned upon him.*

sodanach, -aiche, *a.* Joyful, glad, cheerful, complaisant.

sodanaich,(MS) *v.a* Cocker.

sodar, -air, *s.m* Solder.

sodar, -air, *s.m.* Trotting. 2 Trotting horse.

———ach,** *a.* Trotting.

sodaran,(MS) *s.m.* Jogger.

sodar-bhrochan,* -ain, *s.m.* Thick gruel.

sodarnach, -aiche, *a.* Able-bodied, strong, robust, strong and sound for marching. 2** Clumsy. 3 Able to trot. 4 **Trotting.

sodarnach, -aich, -aichean, *s.m.* see sodair.

sòdh, -a, see sògh.

†sodh,** *s.m.* Turning, winding, changing. 2 Eclipse.

†sodh,** *v.a.* Turn.

so-dhaingneach,** *a.* Affirmable.

sodhan, see saoidhean.

†sodhan,** *a.* Prosperous.

so-dhealbhach, see so-dhealbhaidh.

so-dhealbhaidh, *a.* Contrivable. 2 Figurable, well-formed, handsome.

so-dheanamh, see so-dheanta.

so-dhèanta, *a.* Practicable, possible. 2 Easily done.

so-dhèantachd, *s.f.* Possibility, practicability.

so-dhearbhaidh, *a.* Probable.

so-dhearbhta, *a.* Easily proved, evincible.

so-dhianta, see so-dhèanta.

so-dhionaidh, *a.* Fortifiable. 2 Justifiable.

———eachd, *s.f.* Justifiableness.

so-dhionta, *a.* Defensible, easily defended.

so-dhochanta, -ainte, *a.* Damageable, easily hurt.

so-dhoirte,†† *a.* Apt to pour out. 2 Fluent in speech.

so-dhrùighidh, *a.* Permeable.

so-dhrùighteachail, -e, *a.* Impressive.

so-dhruidte, *a.* Easily shut.

sodrach, -aiche, *a.* Trotting, that trots.

———, -aich, *s.m.* Trotting pace.

sodradh, -aidh, *s.m.* Quick or rapid motion. 2 Trotting, galloping. 3 Quick decay of anything. 4 Lewdness.

sodraich, see sod.

sodsag** -aig, *s.f.* Pillion.

so-earalachd, *s.f.* see so-chomhairleachd.

†soeth,‖ *s.* see saeth.

so-fhadaidh,‡‡ *a.* Inflammable.

so-fhadaidheachd,‡‡ *s f.* Inflammability.

so-fhaghail,** *a.* Attainable, easily got.

so-fhaicinn, see so-fhaicsinn.

so-fhaicinneach, see so-fhaicsinneach

so-fhaicseanta, *a* see so-fhaicsinneach

so-fhaicsinn, *a.* Easily seen, apparent, evident, conspicuous.

so-fhaicsinneach, *a.* Visible, apparent, easily seen, conspicuous, aspectable.

so-fhaicsinneachd, *s,f* Conspicuity.

so-fhaithreachd, *s.f* Facility.

so-fhalamhachadh,** *a* Voidable.

so-fhaotainn, -e, *a.* Acquirable, easily found, attainable.

so-fhireanachaidh, *a.* Justifiable.

so-fhireantachd, *s.f ind* Justifiableness.

so-fholach, -aiche, *a.* Concealable, easily hidden.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

so-fhuasglaidh, *a.* Redeemable.
sog, *s.m.ind.* see sogan.
sogach, see sogail.
sogail, -e, *a.* Merry, joyous, festive.
sogan, -ain, *s.m.* Mirth, joy, delight, hilarity. 2* Good humour. 3‡ Tipsiness. Nam bitheadh s. air, *were he in good humour.*
sogan, see sugan.
soganach, -aiche, *a.* Merry, joyful. 2 Festive, maudlin.
sogh,(AF) *s.m.* Greyhound.
sògh, -òigh, *s.m.* Pleasure, joy, luxury, delicious fare, luxurious ease. 2 Riot, riotous living. 3 Dainties, delicacies. 4 Satiety. 5 Sumptuousness. 6 Prosperity. 7 (AF) Juice, sap. Sògh-nan-òigh, *the joy of maidens;* s. rioghail, *royal dainties.*
so-ghabhaltach, *a.* Impressive.
sòghach, -aiche, *a.* see sòghail.
sòghail, -e, *a.* Luxurious, sumptuous. 2 Fond of delicacies. 3 Cheerful. 4 Prosperous. 5 Juicy, sappy. 6 Delicious. Biadh s., *delicious food.*
sogh-aimsir, see so-aimsir.
soghainn,* *s.* Batter
sòghainn, *a.* Pleasant, agreeable, cheerful.
———,** *s.f.* Kind of paste used by weavers to smooth their threads, treisgein, technically called "dressing."
sòghair,** *s.m.* Votary of pleasure. 2 Epicure. 2 Epicurean.
———eachd,** *s.f.* Luxuriousness, sumptuousness. 2 Epicurism. 3 Epicureanism.
sòghalachd, *s.f.ind.* Luxury, daintiness, sumptuousness. 2 Deliciousness. 3 Surfeit, overflowing. 4 Abundance of juice and fatness or sap.
sòghan,** *a.* see soghainn, *a.*
so-ghaolach,(MS) *a.* Amiable.
sòghar, -aire, *a.* see sòghail.
sògharachd, *s.f.* see soghair.
sogh-chu,** -choin, *s.m.*Greyhound,hound bitch.
so-gheanalachd,(MS) *s.f.* Amicableness.
so-ghéillidh, *a.* Flexible.
so-ghiùlainteachd, *s.f* Portableness.
so-ghiùlan, -aine, *a.* Portable. 2 Easily borne. 3 Easily suffered.
so-ghlacaidh, -e, *a.* Easily caught or taken, apprehensible.
so-ghlacta,** *a.* Easily caught or taken.
so-ghleidhidh, *a.* Preservable.
so-ghluaiseach, -eiche, *a.* see so-ghluasad.
so-ghluaiste, see so-ghluasad.
so-ghluasad, *a.* Movable. 2 Wavering, easily affected or impressed. 3 Agitable, easily put in motion.
sòghmhar, see sòghail.
sòghmhor, -oire, *a.* see sòghail.
———achd, see sòghalachd.
so-ghnaidh,** *a.* Fair, comely, handsome.
so-ghniomh, -a, -ara, *s.m.* Good deed
so-ghniomhach, -aiche, *a.* Doing a good deed, beneficent.
so-ghnùis, -e, -ean, *s.f.* Fair face or countenance, comely face.
———each, -eiche, *a.* Fair, comely.
so-ghnùiseas, -eis, *s.m.* Comeliness, beauty.
so-ghointe,*a.* Vulnerable, easily hurt or bruised.
so-ghuidhe,** *a.* Exorable.
so-ghràdh, -àidh, *s.m.* Sincere love or fondness. Luchd mo sho-ghràidh, *the people I sincerely love.*
so-ghràdhach, -aiche, *a.* Acceptable, amiable, lovely. 2 Affectionate. 3 Very dear, much loved. Le cridhe s., *with an affectionate heart.*
so-ghràdhaich,*v.a.* Love exceedingly or tenderly.
———te, *past pt.* Tenderly beloved.
†soghsur,** -uir, *s.m.* Fatness.
so-iarrta,(MS) *a.* Accessible.
so-iarrtach,(MS) *a.* Appetible.
so-iarrtas,(MS) *s.m.* Appetibility.
†soib,** *s.f.* Hand.
soibh-, *particle* sometimes used in place of so-.
soibheus, see so-bheus.
———ach, see so-bheusach.
soibhriste, see so-bhriste
soibhristeachd, see so-bhristeachd.
soibhsgeul, see soisgeul
soicead, -eid, *s.m* Gaelic form of *socket.*
soich,(AF) see soigh
soicheal,** -eil, *s. m.* Joy, mirth Opposite of doicheall.
———ach, *a.* Joyful, mirthful, gay. 2 Causing joy or mirth.
———achd, *s. f.* Joyfulness, mirthfulness, gaiety. Luchd na s., *the gay.*
soichinealta, see so-chinealta.
———chd, see so-chinealtachd.
———s, see so-chinealtas.
†soichle, *s.f.* Joy, mirth, pleasure, gaiety.
soideal, -eil, *s. m.* Rudeness, vulgarity, ignorance. 2 Timidity arising from ignorance
soidealach, -aich, *s.m.* Rude, ignorant fellow. 2 Awkwardly bashful person. 3 Silly, sheepish fellow. 4 Lazy, indolent person.
soidealach, -aiche, *a.* see soidealta.
———d, *s.f.* see soidealtas.
soidealta, *a.* Rude, ignorant. 2 Awkwardly bashful, timid, silly, sheepish 3 Indolent, lazy. 4 Simple, easily imposed upon.
soidealtachd, *s.f.* Same meanings as soidealtas.
soidealtas, -ais, *s.m. ind.* Rudeness, rusticity, ignorance. 2 Bashfulness or timidity from ignorance, coyness, sheepishness, silliness. 3 Indolence, laziness. 4 (MS) Shame.
soidean, -ein, -an, *s.m.* Jolly and stout-looking person.
———ach, -aich, *s.m.* see soidean.
———ach, -aiche, *a.* Jolly and stout-looking.
soideirneach,†† see sodair, *s.*
soidheach, -aich, -aichean, *s.m.* see soitheach.
soidhneach,** *a.* Liberal. Gu s., *liberally.*
soidsiag,(DC) *s.f.* Fetter for horses or cows. (dileum in *Barra*, langaid in *Islay.*)
†soi-fillte, *a.* Supple, easily folded or unfolded.
soigh,(AF) *s.f.* Bitch.
soighdear, see saighdear.
———achd, see saighdearachd.
†soighead, -ghde, -ghdean, see saighead.
soigheam,** -eim, *s.m.* Precious stone or gem.
soighidh, *s.f.* Attack.
soighlear, -eir, *s.m.* Jailer.
soighme,** *s.f.* Thunderbolt 2 Flash of lightning.
soighne, *a.* Pleasant—R. 44.
soighne, *s.* see soighneas.
soighneadh,(MS) *s.m.* Condiment.
soighnean,** -ein, *s. m.* Puff of wind. 2 Thunderbolt. 3 Flash of lightning.
soighneas, -eis, *s.m.* Pleasure, delight.
———ach, -aiche, *a.* Delightful, pleasant. 2 Rejoicing, glad.
soighniomh, see so-ghniomh.
———ach, see so-ghniomhach.
†soil, *s.* The sun.
soil ! *int.* Cry to drive away a pig—*Glenlyon.* (sail in *Argyll*—DC.)
soil-bheachd,** *s.* Jest.
soil-bheum,** *s.m.* Flash of lightning. 2 Thunderbolt.
soilbhir, see suilbhear.
———e, see suilbhire.
soileach, see seileach.
soi-leaghta, see so-leaghta.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

soileas, -eis, *s.m.* Officiousness. 2 Partiality. 3 Flattery, adulation.
soileasach, -aiche, *a.* Officious. 2 Partial. 3 Flattering, given to flattery.
————d, *s.f.* see soileas.
†**soilfeachd**, *s.f.* Charm.
soilgheas, -eis, *s.m.* Wind. 2 Fair wind.
————ach, -aiche, *a.* Windy, blowing a fresh and fair wind.
soilleadh,(DC) *v.* Roast, fry—*Skye.*
soilleag, -eig, -an, *s.f.* Willow, sallow.
————ach,*a.* Abounding in willows or sallows. 2 Of or like a willow or sallow.
soilleir, -e, *a.* Clear, not dark. 2 Bright,luminous, shining. 3 Transparent, limpid. 4 Evident, manifest, apparent. 5 Intelligible, perspicuous. 6 Pure, clean. 7 Visible, discernible. 8 Sensible, intelligent. 9* Shrewd,clear-sighted. 10* Conspicuous Tha sin s., *that is obvious;* là s., *a clear day;* s. mar chriostal, *clear as crystal;* sruth s., *a limpid stream;* a' deanamh a' ghnothaich s., *making the business clear.*
soilleir-dhonn, *s.m.* Light brown (colour.)
soilleire, *comp.* of soilleir.
soilleireachadh, -aidh, *s.m.* Enlightening, act of enlightening. 2 Illustrating, act of illustrating 3 Explaining or making manifest. 4 Explanation. 5 Clearing up. 6 Incipient light. 7 Brightening, cleaning 8 Making intelligible, ascertainment. 9 (MS) Air. 10 * Dawn. A' s—, *pr.pt.* of soilleirich. A' s. a' ghnothaich seo dhomh, *making this affair evident to me;* s. an là, *the dawn:* anns an t-s., *about the dawn.*
soilleireachd, *s.f.ind.* Brightness, clearness, perspicuity, intelligibleness. 2 The dawn. 3 Transparentness, limpidness. 4*Conspicuousness. 5*Accuracy.
soilleirich, *pr. pt.* a' soilleireachadh, *v.a. & n.* Clear up, manifest, make manifest. 2 Become clear or bright. 3 Explain, illustrate. 4 Point out, show, make clear or bright, elucidate, enlighten. 4††Brighten. Sh. an là, *the day brightened up.*
————te, *past pt.* of soilleirich. Cleared up, manifested, made manifest. 2 Explained, illustrated, shown, pointed out.
soilleirse,** *s.f.* Axiom.
soilleirsinneachd,(MS) *s.f.* see so-léirsinneachd.
soillse, *s.m.ind.* Light. 2 The light of the sun. 3 Ray of light. 4 Clearness, brightness, effulgence. 5* Luminary. 6 Elucidation. 7* Light from heaven.
soillseach, -eiche, *a.* Bright, clear, not dark. 2 Clear, transparent, pellucid. 3 Shining, effulgent. 4 That makes bright or clear. 5 Causing to brighten up. 6 Causing light.
soillseach,* *s.* Eyebright.
soillseachadh, -aidh, *s.m.* Enlightening, act of enlightening. 2 State of becoming clear. 3 Act or state of shining. 4 Brightening. 5 Illuminating. 6 Elucidation, explanation. 7* Gleaming. A' s—, *pr.pt.* of soillsich.
soillseachan, *s.m.* Phosphorus.
soillseachd, *s.f.* Brightness,clearness,effulgence. 2 Transparentness.
soillseachd-nan-sùl,§ *s.f.* Eyebright, see lus-nan-leac. [McL & D & ** give soillse-nan-sùl, *s.m.*]
soillseadh, see soillseachadh.
soillsean, *s.m.* Tinsel. 2 Taper.
soillsear,* -eir, -an, *s.m.* Lantern.
soillse-nan-sùl, see soillseachd-nan-sùl.
soillsich, *pr.pt.* a' soillseachadh & a' soillseadh, *v.a. & n.* Enlighten, brighten. 2 Shine, glitter. 3 Become clear. 4 Show forth, illustrate explain, elucidate. 5 Gleam, flash. 6*Dawn. Sh. an là, *the day cleared up;* nach s. tuilleadh do chlaidheamh, *that thy sword shall gleam no more,*
soillsichear, *s m.* Lucifer match
————, *fut.pass* of soillsich.
soillsichidh, *fut.aff.a.* of soillsich.
soillsichte, *past pt* of soillsich. Enlightened, brightened. 2 Illuminated.
soimeach, -eiche, *a.* Good-natured, of an easy disposition or manner, quiet, tranquil, peaceable 2 Comfortable, in easy circumstances. 3 Idle, inactive. 4 Harmless. 5 Agreeable. Is s. fear-fearainn, ach is sona fear-céirde, *the landed man is at ease, but the tradesman is happy*—like many popular sayings, sometimes true, sometimes not. Constant financial embarrassment effectually dispels both ease and happiness where it exists.
————d, *s.f. ind.* Comfortableness, exemption from toil 2††Good nature, goodness of temper. 3††Idleness.
————an, -ain, -an, *s. m.* Good-natured, soft person.
2 One in easy circumstances. 3 Idler.
————as, -ais, *s.m* Good nature. 2 Comfort. 3 Idleness, freedom from labour
soimh,** *a.* Quiet, peaceable, good-natured. 2 Comely. 3 Tame.
soimhe, see saimhe.
soimheach, see soimeach.
soimheachan, see soimeachan.
soimheachd,†‡ *s.f.* Softness, gentleness.
soimheagan, see soimeachan.
soimhneach,** *a.* Peaceable, agreeable, quiet.
soimhneas,** -eis, *s.m.* Fretting. 2 Reconciliation.
soin,** *v.a.* Sound, make a noise.
soin, -e, *s. f.* Esteem. 2 Comeliness. 3 Sound, noise.
so-in, (an so-in & an so-in-ich) Slang form of seo—*Badenoch.*
soinchearb,** *s.* Synalæpha, contraction by suppressing a final vowel or diphthong before another vowel or diphthong, so that the final syllable of one word runs or melts into the first syllable of the next.
soineach,** *a.* Noisy.
soineachas,** -ais, *s.m.* Noisiness, noise.
soinealachd, *s.f.ind.* Comeliness, handsomeness. 2**Decency.
soineann, see soinnionn.
————ach, -aiche, *a.* see soinnionnach.
soineanta, see soinnionta.
————chd, see soinniontachd.
soineas,** -eis, *s.m.* Sulkiness.
soineil, -e, *a.* Comely, handsome. 2 Esteemed, estimable.
†**soinmheach**,** *a.* Happy, fortunate.
soinne, Air sgàth s., *for the sake of peace—Sgeul.-nan-caol, p. 89.* (sgoinne)
soinneach, -eich, *s.m.* Racehorse.
soinneachd, *s.f.* Starting.
soinnionn, -inn, *s.f.* Fair or calm weather, sunshine. 2 Cheerfulness, gaiety. 3 Mildness pleasantness 4 Blast.
soinnionnach,** *a.* Calm, as weather. 2 Shining. 3 Pleasant, gay, cheerful.
soinnionta, -inte, *a.* Calm, fair. 2 Well-sheltered. 3 Good-tempered, meek, pleasant. 4 Cheerful, gay. 5 Gentle. 6 Serene, as weather.
————chd, *s. f. ind.* Calmness, stillness of weather. 2 State of being well sheltered. 3 Meekness, pleasantness of temper 4††Gentleness. 5**Comeliness.
so-innseadh, *a.* Easily told, effable, expressible.
so-innsidh, see so-innseadh.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

so-iomchaire, *comp.* of so-iomchair.
so-iomairteachd, *s.f.ind.* Manageableness.
so-iomchair, -e, *a.* Tolerable, easily borne, portable.
so-iomchaire, *comp.* of so-iomchair.
so-iomcharachd, *s.f.* see so-ghiùlainteachd.
so-iompach,** *a.* Easily converted, convertible.
so-iompachaidh, *a.* Convertible.
so-iompaichte, *a.* Convertible, easily converted.
so-ionnsachaidh, *a.* Docile.
soipean, -ein -an, *s.m. dim.* of sop. Little wisp or handful of hay or straw.
————ach, -aiche, *a.* Abounding in small wisps or bunches, as hay or straw. 2 Scattered in small quantities, as hay or straw.
soir, see ear. Sheòl am bàta soir, *the boat sailed eastward.*
soir, -e, -ean, *s.m.* Sack, bag. 2 Vessel, vase, bottle. 3 Womb. 4††Dish. S. na cloinne, *the womb.*
soirbh, -e, *a.* Easy, easily accomplished. 2 Calm, quiet, gentle. 3 Affable, courteous, kind. 4 Pliant, pliable. 5* Tractable, docile. 6 Prosperous. 7 Languid. 8 Apt. Duine s., *a tractable person;* ni s., *an easy thing;* righ math s., *a good quiet king.*
soirbhe, *s.f.* see soirbheachd.
soirbhe, *comp.* of soirbh.
soirbheach, -eiche, *a.* see soirbh.
————adh, -aidh, *s.m.* Act or state of prospering, succeeding or favouring. 2 Success, prosperity. 3 Growing affable, calm or quiet. A' s—, *pr.pt.* of soirbhich. S. math leat! *success to you!*
soirbheachd, *s.f.ind.* Easiness, facility, possibility. 2 Calmness, quietness, gentleness. 3 Affability, courteousness, kindness. 4 Pliableness, flexibility. 5 Prosperity, success. 6 Languidness. 7 Addibility. 8 (MS) Readiness.
soirbheas, -eis, *s.m* Prosperity, success. 2 Gentleness, docility. 3 Fair wind on the sea —*Skye.* 4 Wind, flatulence—*Argyll.* 5* Easiness, quietness. Saoghal fada is soirbheas! *long life and prosperity!* là an t-soirbheis, *the day of prosperity;* s. math leat! *good speed to you!* cha 'n éirich s. leis. *he will not prosper;* tha 'n s. air caochladh, *the fair wind is changed.* Opposite of doirbheas.
————ach, -aiche, *a.* Prosperous, successful, thriving. 2**Fair, as wind. 3 Breezy. 4 Favourable. Gaoth sh., *a favourable wind;* turus s., *a prosperous journey.*
soirbhich, *pr.pt.* a' soirbheachadh, *v.n.* Prosper, succeed, thrive. 2**Speed. Ciamar a sh. leat? *how did you succeed?* soirbhichidh leis gach ni a ni e, *everything he does shall prosper.*
————idh, *fut.aff.a.* of soirbhich.
soirbhriste,** *a.* Ductile.
soirch,** *a.* Clear, bright. 2 Light. 3 Conspicuous.
soirche, *comp.* of sorcha.
soirche,** *s.f.* Clearness, brightness, light. 2 Conspicuousness. 3 Joy.
soircheachd,** *s.f.* Clearness, brightness.
soirchead,** -eid, *s.m.* Clearness, brightness.
soire, see soir, *s.m.*
soireach, *a.* Abounding in sacks, bags, vessels, &c.
soireadh, see soir.
soireag, -eig, -an, *s.f.dim.* of soire. Little vessel, bottle or sack.
soireagach, -aiche, *a.* Pertaining to little vessels, bottles or sacks.
soireanach, -aich, *s.m.* Jolly, fat person.
soireanach,** *a.* see soiunionta.
soireann, -inn, see soinnionn.
soireanta, -einte, *a.* see soiunionta.
soirelt, -e, *s.f.* Easiness of temper, accommodating, conciliatory disposition. (so-réite)
soireiteach, -aiche, *a.* Conciliatory, accommodating. (so-réiteach)
soiridh,** *a.* Convenient. 2 Agreeable.
soiridh,** *s.* see soirigh.
soirigh,** *s.* Primrose.
soirionn, -inn, *s.f.* see soinnionn.
soirionta, see soinnionta.
soirmeil, *a.* Harmoniously. Gu fonnmhorach, soirmeil, *melodiously, harmoniously*—*Donn. Bàn, p. 35.*
sòirn-lìadh,** -leidh, *s.f.* Baker's peel.
soirthe, -an, *s.f.* see soire.
sois,* -e, *a.* Fond of ease, snug.
soise,** *s.f.* Alteration, change.
soise,* *s.f.* Bolis or ball of fire moving majestically in the heavens, often near the earth, supposed to presage the death of some personage or the fall of some nation. These are very common in the Highlands. (soillse)
soisealach,** *a.* Airy. 2 Hearty. 3 Proud.
soisealta,* *a.* Fond of ease, effeminate, unmanly.
————chd,* *s.f.ind.* Indulgence in ease, effeminacy.
soisgean (CR) *s.m.* Primrose—*S. end of Arran.*
soisgeul, -eil, *s.m.* The Gospel. 2 Glad tidings.
————ach, -aiche, *a.* Evangelical. 2 Bringing good news or tidings.
————ach, -aich, *s.m.* see soisgeulaiche.
soisgeulachd,** *s. f.* Evangelism, evangelical teaching. 2 Tale or tidings of joy.
soisgeulaich,** *v.n.* Bring or bear good news. 2 Preach the Gospel.
————e, -an, *s.m.* Evangelist. 2 Bringer of good news.
soisgeulta,** *a.* Evangelical.
soi-shinte, see so-shiute.
soishion,** *s.* Freedom, privilege. (so-shion)
soisich,* see soillsich.
soisil,** *a.* Proud, haughty.
soisinn,* *s.f.* Taste, decency. 2†† Complacency, snugness, ease.
————each, *a.* Tasteful. 2 Snug.
†soisior,** *a.* Younger.
soisle, *s.f.* Brightness.
soislean,** -ein, *s.m.* Firm or bold standing.
soislean, *s.pl.* The white feathery ventral fins by which the salmon balances itself.
†soistean, -ein, *s.m.* Good habitation, residence. 2 Sense, meaning.
soithchean, (for soithichean) *pl.* of soitheach.
so-ithe, *a.* Eatable, edible. 2 Palatable.
soitheach, -ich, -ichean, *s.m.* Vessel of any kind in which meat, liquors, or anything is placed. 2 Ship of any size. 3 Wooden dish, pitcher. Clùd nan soithichean, *the dish-cloth.*
s. creadha, *an earthenware vessel.*
s.-fuarachaidh, *cooler, refrigerator.*
s.-fuail, *a chamber-pot.*
s.-ionnlaid, *a basin.*
s.-teine, *pot, pan.*
s.-tùis, *censer.*
s.-uisge, *ewer, bucket.*
soitheachan, -ain, *s.m.* Small dish or plate.
soitheagan,** -ain, *s.m.* Soft, good-natured person.
soitheamh, -eimhe, *a.* Gentle, mild, affable, modest. 2 Comely, fair. 3 Tractable, docile, easily prevailed upon, good-natured, tame. 4 Easily done. 5††Peaceable. Duine s., *a docile or tractable person;* mo laochan s., slobhalta, *my good-natured, civil lad.*
soitheamhachd, *s.f.ind.* Ductility, tractability, docility. 2‡‡Placidness.
soitheamhaich, (MS) *v.a.* Placate.
soithibh,* see soitheamh.
————eachd,* see soitheamhachd.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

soithich, (gu)** *adv.* Badly.
soithichean, *n.pl.* of soitheach.
soithleag,** -eig, *s.f.* Circle.
———an,** -ain, *s.f.* Little circle.
soithmheannach,** *a.* Covetous, (so-mhiannach)
soithneach,** *a.* Desirous.
soithnich, *v.a.* Allure, entice. 2 Desire.
———te,** *past pt.* Allured.
soithsheamhach,(MS) *a.* Pacific. (so-shèimheach)
so-ithte, see so-ithe.
†sol, *s.m.* The sun.
sol. *adv.* Ere, before that—*Ross.*
sòl,* *s.m.* Delight.
sola, see soladh. 2†† see so-lughadh.
sòla,(DU) *s.m.* Bottom thwart containing mast-step of a boat.
so-labhairt, -e, *a.* Expressible, easily spoken or pronounced. Opposite of do-labhairt.
so-labharra,** *a.* Exorable.
so-labhrach, -aiche, *a.* Speaking with ease and fluency, affable.
so-labhrachd.** *s.f.* Eloquence, affability.
so-labhradh,** *a.* see so-labhrach.
sòlach,* -aiche, *a.* Highly delighted, jolly.
soladh,(AC) -aidh, *s. m.* Broken food—whelks, cockles, limpets, mussels and other shellfish, broken and thrown into the sea to attract fish. Tuill solaidh, *bait holes*—hollows in the rocks prepared to hold shellfish and prepare bait. They resemble cup cuttings, for which antiquaries have mistaken them.
soladh,** -aidh, *s.m.* Profit.
so-laghach,** *a.* Venial, pardonable. (so-lughach)
———d,** *s.f* Venialness, pardonableness.
solaidh, *s.* Advantage, good profit—*Rob Donn.*
sòlaimte,** *a.* Solemn. Gu s., *solemnly.*
———achd,** *s.f.* Solemnity.
solair, *pr.pt.* a' solar & a' solaradh, *v. a.* see solaraich.
———each, see solarach.
———eachd, see solarachd.
solaitheach,** *a.* Venial
sòlamanta,** *a* Solemn, solemnized.
———chd,** *s.f.* Solemnity, solemnization.
solamh,** *a.* Quick, ready, dexterous.
sòlamuin, *s.f.* Solemnity.
solar, -air, -an, *s.m.* Providing, preparing, purveying of useful things 2 Things provided or furnished, provision. 3 Getting, providing, procuring, catering. 4**Forage 5(MS)Gain. 6**Shifting for. A' s—, *pr.pt.* of solair.
solar, *cont.* for solaradh.
solarach, -aiche, *a.* Provident, making provision, catering, purveying. 2 Industrious. 3 Frugal. Fear s., *a provident man.*
———adh, -aidh, *s.m.* Providing, act of providing, procuring or furnishing necessaries, catering. A' s—, *pr.pt.* of solaraich.
solarachd, *s.f.* Providence. 2 Business of a caterer, purveying.
solaradh, -aidh, *s.m.& pr.pt* of solair, see solarachadh. 2 Provisions provided.
solaraich, *pr pt.* a' solarachadh, *v. a.* Provide, gather, prepare, procure, cater, purvey, provide accommodation. 2 Get, gain, acquire. 3**Shift for. Sh. i nead dhith fhéin, *she provided a nest for herself;* a' solarachadh lòin, *purveying* or *catering provisions* [*pr.pt.* a' solar.]
solaraiche,** *s.m.* Provider, caterer, purveyor, forager.
solaraichidh, *fut.aff.a.* of solaraich.
solaraichte, *past pt.* of solaraich. Provided, procured, furnished, purveyed.
solar-itheannaich, *s.m.* Ménu.
solas, see solus.
†solas,** -ais, *s.m.* Round ball thrown into the air.
sòlas, -ais, *s.m.* Comfort, consolation, solace. 1 Intellectual pleasure or gratification. 3 Cheerfulness, contentment. 4 Joy, rejoicing, delight, calm luscious pleasure.
——ach, -aiche, *a.* Comforting, comfortable giving comfort, pleasure or consolation. 2 Comfortable, enjoying comfort or ease. 3 Cheerful, content. 4 Joyful, causing joy or happiness. 5 Rejoicing, glad. 6 Pleasant to the mind, highly gratifying.
solasach, see solusach
sòlasachadh, -aidh, *s.m.* Comforting, act of comforting, consoling, making glad, consolation. A' s—, *pr.pt.* of sòlasaich.
sòlasachd, *s.f.* Delectableness.
solasaich, *pr.pt.* a' sòlasachadh, *v. a.* Comfort, console, make happy or glad.
———idh, *fut.aff a.* of sòlasaich.
———te, *past pt.* of sòlasaich. Comforted, consoled, made glad or happy, given continued soothing joy.
so-lasarach,‡‡ -aiche, *a.* Inflammable.
solasda, see solusach.
———chd, see solusachd.
solastar,(AF) *s.m.* Starfish.
so-leaghachd,‡‡ *s.f.ind.* Liquation.
so-leaghadh,** see so-leaghta.
so-leaghta, *a.* Fusible, easily melted. 2 Soluble.
———ch, -aiche, *a.* see so-leaghta.
so-leigheas, *a.* Medicable, that may be cured.
so-leirseanta,(MS) *a.* Aspectable.
so-léirsinn,* *a.* Very visible.
so-léirsinneachd, *s.f.* Obviousness.
so-leisgealachd ‡‡ *s.f.ind.* Pardonableness.
so-leòinte, see so-leònta.
so-leònadh, see so-leònta.
so-leònta, *a.* Vulnerable.
so-leudachaidh, *a.* Extensible.
so-leughachd,‡‡ *s.f.ind.* Legibility.
so-leughadh, *a.* Legible.
so-leughta, *a.* so-leughadh.
soll,** *s m.* Bait for fish.
sollach,** *a.* Jolly, stout. 2 Comely, handsome, personable.
———d,** *s.f.* Jollyness, stoutness. 2 Comeliness, personableness, handsomeness.
sollain, -e, -ean, *s.f.* Welcome. 2 Rejoicing. 3 **Carnival. 4 Gladness, mirth. La s., *a day of rejoicing, mirth* or *feasting*—said of a day like Christmas Day or New Year's Day.
sol mu'n, *adv.* Before, ere.
so-loisgeach ‡ -eiche, *a.* see so-lasarach.
———d, *s.f.* Combustibility.
so-loisgte,** *a.* Adustible.
solt, *prov.* for sult.
solta, *a.* see sultmhor. 2 Demulcent, mollient. 3 Tender. 4 (DMy) Meek, quiet, harmless—*Lewis.* Tha e cho s. ris an uan, *he is as meek as a lamb.*
soltanas, -ais, *s.m.* Jollity, mirth.
so-lùbach †, *s. f. in t.* Flexibility, elasticity. 2 Exorableness.
so-lùbadh, *a.* Flexible, elastic.
so-lùbaidh, *a.* Flexible. 2 Exorable.
so-lughadh, *a.* Venial, pardonable.
so-lughta, see so-lughadh.
so-lughtachd,†† *s.f.* Pardonableness, slightness.
solumas,(GR) -ais, *s.m.* Abundance.
sòlumta,‡‡ *a.* Solemn, see solaimte & solamanta.
solus, -uis, -an, *s.m.* Light. 2 Light, as a lamp or candle. 3 Knowledge, information. 4 Phase of the moon. 5 *rarely,* Quoit. 6 Round ball thrown into the air. An s. ùr, *the new moon;* an s. seo chaidh, *the last moon;* atharrachadh (*or* mùthadh) an t-soluis, *a change* or *phase of the moon;* s. Sathuirn a's t-fhoghar, bidh e aona chuid 'na rìgh air seachd no gabh-

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

aidh e an cuthach seachd uairean, *the harvest moon which comes in on a Saturday will either be king of seven or go mad seven times*—i.e it will bring in its train either very good or very bad weather S. is used adjectively in *Arran*, as, uisge solus, *clear water*; aodach solus, *white* or *light-coloured clothing*. [** gives 7 The moon, and 8 Heavenly body.]

solusach, -aiche, *a.* Full of light, luminous, shining.

————adh, -aidh, *s. m.* Lighting, shining, kindling.

————d, *s.f.ind.* Luminousness. (soillseachd is better.)

solusda, see solusach.

————ch, -aiche, *a.* see solusach.

solus-gràbhaltach, *a.* Photographic.

solusmhor, -oire, see solusach.

solus-sionn, *s.m.* Electric light—*Dàin I.Ghobha.*

solus-tharruing, *v.a.* Photograph.

————————, *s.f.* Photograph.

soma.** *s.f.* Flock of swans. 2 Learning.

somachan,** -ain, *s.m.* Soft, good-natured, innocent person.

somailtean,(MS) *s.m.* Pith.

somain,** *s.f.* Wealth.

————each,** *a.* Rich, wealthy.

somalta, -ailte, *a.* Bulky, large. 2 Gentle, mild, placid. 3 Liberal, generous. 4 Imprudent. 5 Personable, comely. 6 Negligent. 7††Dull, heavy.

somalta,** *a.* Aspirate.

somaltach, *a.* Decidiose.

somaltachd, *s.f.ind.* Bulk, bulkiness, stoutness, largeness. 2 Gentleness, mildness, placidity. 3 Liberality, generosity, generousness. 4 Carelessness, indifference, negligence. 5 Laziness. 6 Easiness. 7 Comeliness. 8 Abundance. 9 Imprudence

somaltas, *s.m.* see somaltachd.

somar,(AF) *s.m.* Wild sheep, chamois.

somha,(AC) *v.a. & n.* Convert, convince. 2 Controvert, overturn, upset, render of no avail.

so-mhagaidh,‡‡ *a.* Mockable.

sòmhail, -e, *a.* see sùmhail.

so-mhaithleachd, *s.f.* see so-leisgealachd.

so-mhaithte,‡‡ *a.* Ignoscible.

so-mhaithteachail,‡‡ *a.* Ignoscible.

so-mharbhachd,** *s.f.* Mortality.

so-mharbhta,** *a.* Mortal. 2 Easily killed.

so-mheallta, *a.* Deceptive.

so-mhealltachd, *s.f.* Deceptibility.

so-mheasraichte,(MS) *a.* Comprehensible.

so-mheirbhidh, *a.* Digestible.

so-mheudachas, -ais, *s.m.* Addibility.

so-mhiannach,** *a* Desirable.

so-mhìneachaidh, *a.* Explicable.

sòmhlach, see sùmhlach.

————adh, -aidh, *s. m. & pr pt.* of sòmhlaich, see sùmhlachadh.

sòmhlachd, see sùmhlachd.

somhlaich, see sùmhlaich.

————ear, see sùmhlaichear.

————idh, see sùmhlaichidh.

————te, see sùmhlaichte.

somhlan, -aine, *a.* Safe and sound, unhurt.

sòmhlanachd,** *s.f.* Safeness, secureness, soundness.

so-mhothachaidh, *a.* Molliflable.

sòmhrach,(MS) *s.m.* Horsefoot.

so-mhuinte‡‡ *a.* Tractable, docile. 2 Careless, indifferent. 3 Lazy.

so-mhùthadh,** *a.* Commutable.

so-mhùthtachd, *s.f.ind.* Changeableness.

somolta, see somalta.

somuiltean,(OR) *s.pl.* Senses, wits—*Skye.* Bu tu an creutair gun s., *or* nach tu a chaill do s., (said to a stupid or careless person)

somult see somalta.

somultachd, see somaltachd.

son, *s.m* Sake, cause, account. 2 Good profit, advantage, stead.

Air mo sh-sa, *on my account*, *for my sake*; air an s.-san, *for their sake*, *in preparation for them*; dh'fhalbh e air mo sh.-sa, *he went on my account*, *in my place* or *stead*, air mo sh fhéin, *for myself*, *for my own part*, *as for me*, air na h-uile son [air na h-uile c'ar son—MM], *for every reason*; air a sh. sin, *nevertheless*; air a son-se, *on her account*; air an son-san, *on their account*.

son, *prep impr. & adv.*(air son) *adv.* For, because of, on account of. 2 For the purpose of. 3 Because, because that.

Air sonn mo chodach-sa dheth, *for my part of it*; air son tighinn dhachaidh, *for the purpose of coming home*; air sonn dithis, *as for two*, *in the matter of two*; air sonn teicheadh, *for the purpose of decamping*, *as a reward* or *penalty for deserting*; air son dithis no triùir is coma leam cò aca, *as for two or three I don't care as to which of them*; air sonn sin dheth, *as for that matter*; c' arson? *why? wherefore? on what account?* air son siod fhéin, *because I judged it right*; air son falbh, *as a reward for going*, *in order to go*; c'ar son seo? *why so? on whose account is this?* air son sgillinn, *as to a penny*, *for a penny*. [*Son*, where marked † above,—from * are mostly bad idiom influenced by *for* in English—MM.]

†sòn, -òin, *s.m.* Sound, voice. 2 Word. 3 Good, advantage. 4 Stake, beam.

†son,** *a.* Tall.

sona, *a.* Lucky, fortunate. 2 Happy, in a state of happiness, blessed. Is fèarr a bhith s. na éirigh moch, *luck is better than early rising(?)*; s. bithidh tu is éiridh gu math dhuit, *happy shalt thou be and it shall be well with thee*; is s. a bhithinn-sa, *happy would I be*; gu s. solasach, *happy and quite contented*; cha toir muir no monadh a chuid o dhuine sona, *neither seas nor mountains can bar the lucky*.

sonachas,(AC) -ais, *s.m.* Blissfulness.

sonadh, see sona.

sonairte, *s.f.* Strength, courage.

sonann, -ainn, *s.m.* Fertile land, good soil.

sònas, -ais, -an, *s.m.* Vexation, grief. 2 Passion, fit of passion, pet. Cuir s., *vex*, *disoblige*.

sonas, -ais, -an, *s.m.* Good fortune, prosperity, luck. 2 Success. 3 Happiness, felicity, bliss. Sonas is àgh ort, *success and prosperity to you*; mo sh. féin, *my own happiness*; sonas no donas, *success or misfortune*; s. an lorg an caitheimh, *good luck follows the liberal*, sannt gun s., éiridh an donas dha, *hapless greed will not succeed*.

sonasach, -aiche, *a.* Happy. 2 Prosperous, lucky

sònasach, -aiche, *a.* Vexatious, grievous. 2 Easily vexed 3 Passionate, pettish.

sonasan,(CR) Young frog in the tadpole stage—*Skye & W. of Ross.*

sonn, -uinn, *s.m.* Stout man. 2 Hero, champion. 3*Courier—*Islay.* Uamh an t-suinn, *the hero's cave*.

sonn, -uinn, *s.m.* Bait for fish. 2 Club, staff, cudgel, stake, beam. 3 Tree.

sonn, *v.a.* Pierce, thrust. 2 Hew down. 3 Press. 4 Oppress.

sonnach, -aich, *s.m.* Palisade. 2 Peg, thick peg. 3 Stout, ill-shaped person. 4 Castle, fortress. 5 Wall. Dail nan s., *the plain of palisades*.

sonnadh, -aidh, *s.m.* Piercing, thrusting, act of piercing or thrusting. 2 Act of hewing down.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

3 Act of pressing upon or oppressing. 4 Contention, strife. A' s—, *pr.pt.* of sonn.
sonnadh,** -aidh, *s.m.* Fort, garrison.
sonnag,(DC) *s.f.* Beehive chair, made of twisted straw or sea-bent—*Uist.* [sùthag in *Mull.*]
sonnalta,* *r.* Liberal, handsome, very generous.
————chd,* *s.f.ind.* Liberality.
sonn-bharochan, *s.m.* Gruel.
sonn-mharcach, -aich, -aichean, *s.m.* Courier on horseback, post, messenger. 2 Aide-de-camp.
sonnta, *a.* Heroic, courageous. 2**Confident. 3 **Merry.
sonnta, *past pt.* of sonn.
sonntach, see sonnta.
sonntachd, *s.f.ind.* Boldness, heroism, courage. 2**Confidence. 3**Mirth.
so-nochdadh,** *a.* Avowable.
sònrach, -aiche, *a.* see sònraichte.
sònrachadh, -aidh, *s.m.* Appointing, act of appointing, choosing or ordaining. 2 Act of specifying, individualizing or particularizing. 3 Intending, act of intending. 4 Arbitration. 5 Noting, remarking. 6 Determination. 7†† Marking. 8††Ordering. 9 Pointing out. 10 Appointment. A' s—, *pr.pt.* of sònraich. 'G am sh., *individualizing me.*
sònrachair,** *s.m.* Assigner, establisher.
†sònraic, *a.* Righteous.
sònraich, *pr. pt.* a' sònrachadh, *v.a. & n.* Appoint, ordain, fore-ordain,authorize. 2 Choose, specify, particularize, individualize. 3 Intend. 4 Note, remark. 5*Make a butt or tool of. 6 Determine. Neach a sh. Dia 'na iobairt-réitich, *one whom God set forth as a propitiation.*
sònraicheam, *1st.sing. imp.* of sònraich. Let me specify, &c. 2 Irish form of sònraichidh mi, *fut.aff.a.* I will specify, &c.
sònraichear, *fut.pass.* of sònraich.
sònraichidh, *fut.aff.a.* of sònraich.
sònraichte, *a. & past pt.* of sònraich. Specific, special, notable, particular, novel. 2 Appointed, specified, particularized, determined, ordained, fore-ordained, marked out. 3 Remarked. 4 Noted. Gu s., *particularly;* gnothach s., *a particular business;* air an là s., *on the appointed day;* sluagh s., *a peculiar people;* duine s., *a certain* or *notorious man;* bha adharc sh. aige, *he had a notable horn;* gu s. an duine seo, *particularly this man.*
sònraichteachd,(MS) *s.f.ind.* Remarkableness.
sònruich, see sònraich.
————te, see sònraichte.
sontach, *a.* see sonnta.
sonuige,** *a.* Lucky, propitious.
so-oibrichte, *a.* Easily wrought, figurable.
so-òilte, *a.* Drinkable.
so-òlta, see so-oilte.
sop, -uip, *pl.* -an & -uip, *s.m.* Wisp, loose bundle of straw or hay. 2 Loose or useless bunch of anything. 3 Useless or cowardly fellow. 4** Top or crest of a hen or other bird. S. fodair, *a wisp of straw;* s. as gach seid, *a wisp from every truss,*—said of those who have nothing but what they borrow; [* said of those who court every one]; s. reic, *a tavern- or shop-sign.*
sopach, -aiche, *a.* Abounding in wisps of hay or straw. 2 Abounding in scattered straw or hay. 3 Cowardly, silly.
sopachan,(DMK) *s.m.* Handful of fine heather, tied tightly together and used for scrubbing dishes, particularly milk-dishes—*Caithness, Suth'd., Gairloch, &c.* 2(DU) Small wisp of straw in which the ends of knitting-needles are stuck. It is tied to the knitter's belt or pinned to her dress—*Gairloch.*
sopag,** -aig, *s.f.* Small bundle of straw. 2 One drawn and combed out for thatching—*Uist.* 3**Well.
sopan, -ain, -an, *s. m., dim.* of sop. Little wisp, little handful of hay or straw. S. saidhe, *a wisp of hay.*
sopanach, -aiche, *a.* see sopach.
†sopar, *prov.* for tobar.
sop-cheann,†† *s.m.* Bushy or uncombed head.
sop-cheannach, -aiche, *a.* Having a bushy or uncombed head of hair.
so-phroinnte, *a.* see so-phronnaidh.
so-phronnaidh, *a.* Friable, easily pulverized.
so-phronnta, *a.* see so-phronnaidh.
soplach, -aiche, *a.* see sopach. 2 Useless. 3 Insignificant.
soplach, -aich, -aichean, *s.m.* Refuse of straw or provender.
soplachan,(AC) -ain, *s. m.* Wisp, tuft. 2 Sustenance. 3 Handful of corn in ear given to a weak animal.
soplas, *s.m* Soap-suds.
so-phòsaidh, *a.* Marriageable.
so-phronntachd,(MS) *s.f.* Friability.
sop-reic, *s.m.* Sign of a tavern or inn. 2 Sign of a shop.
sop-seilbhe, -an-seilbhe, *s.m.* Infeftment in house and land by the delivery of a wisp of straw to the entrant.
sop-suiridhe,(DMv) *s.m.* Love or courting wisp, thrown at a person to attract his attentions.
sòr, *pr.pt.* a' sòradh, *v.a.* Hesitate, pause, delay. 2 Grudge, give unwillingly. 3 Shun, avoid. 4 Spare. 5 Refuse. 6**Scruple. Cha sh. e do mharbhadh, *he will not hesitate to kill you.*
sòr, *s.m.* Stop, hesitation.
†sor,(AF) *s.m.* Louse.
sòrach,** *a.* Hesitating, scrupulous.
sorachadh,** -aidh, *s.m.* Act of acervating, accumulation.
sorachag,(AF) *s.f.* Jackdaw, jay.
sorachan, see sorchan.
sorachar, see sorchar.
sorachda, see sorachta.
sorachta,** *a.* Acervated, accumulated,heaped.
sòradh, -aidh, *s.m.* Hesitating, act of hesitating, delaying, pausing. 2 Grudging, act of grudging. 3 Shunning, act of shunning. 4 Sparing, act of sparing. 5 Hesitation, delay. 6 Scrupulousness. A' s—, *pr.pt.* of sòr.
sòradh,(MS) *s.m.* Demur.
soraich,** *v.a.* Accumulate, heap up.
soraideadh,** -idh, *s.m.* Salutation.
soraidh, *s.f.* Farewell, blessing, compliments. 2 Success,health,happiness. 3 Salutation. S. slàn do 'n Gàidheal ghasda, *success and health to the handsome Gael;* s. leat, a ghràidh! *farewell, my beloved!* thoir mo sh. le dùrachd, *give my best respects, my sincere blessings.*
soraidh,** *a.* Happy, successful.
†sorb, *v.a.* Contaminate, pollute.
†sorb, -oirbe, *a.* Foul, dirty.
†——, -oirb, *s.m.* Fault, blemish.
sorbach,** *a.* Foul, polluted, dirty. 2 Faulty.
————adh,** -aidh, *s.m.* Polluting.
sorbaich,** *v.a.* Pollute.
sorb-aoireadas,** -ais, *s.m.* Satire, lampoon.
sorb-chàineadh,** -aidh, *s.m.* Satire, lampoon.
†sorb-chàrn,** -chàirn, *s.m.* Dunghill.
sorc,** *s.m.* Delight, pleasure.
sorcair,** -ean, *s.m.* Cylinder.
sorcaireach,** *a.* Cylindrical.
sorch,* *s. m.* Pedestal, gantry. 2 Eminence, heap.
soracha, soirche, *a.* Light, bright, clear, conspicuous, manifest. Opposite of doreh.
sorchaich, *v.a.* Enlighten, make clear, light or

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

manifest. 2 Heap up. Opposite of dorchaich.
sorchaichidh, *fut.aff.a.* of sorchaich.
sorchaichte, *past pt.* of sorchaich. Enlightened, made clear, light or manifest 2 Heaped up,
sorchain,** *s. f.* Satire, lampoon, scurrilous rhyme, slander.
sorchan, -ain, *pl.* -an & -ain, *s.m.* Rest, support, that on which anything leans or rests. 2 Stool, footstool, trestle. 3 Light-stand, peerman. 4 ††Place of rest. 5 Little eminence, hillock. 6 *Bracket. 7 Bolster of a cart 8(MS) Horse-block. 9 Fireplace of a still (see p. 730.) 10 Little one. 11 Place for ball or cricket. S.-leigidh, *a trestle* or *gantry.*
sorchanach, -aiche, *a.* Having rests or supports. 2 Like a stool or trestle. 3 Having little eminences or hillocks.
sorchan-cuigeil, *s.m.* Stand'of a distaff.
sorchar,(AC) *s. m.* Brightness. 2 Clear man. 3 Lightener. S. nan reul, *lightener of the stars.*
sord, see sùrd.
sordail, see sùrdail.
sordan,(AF) *s.m.* Animal.
so-reamhrachadh, *a.* Coagulable, easily fattened.
so-reamhraichte, *a.* Coagulable, easily thickened or fattened.
so-réite, *s.f.* Propitiation, expiation.
so-réiteach, *a.* see so-réitichte.
so-réitichte, *a.* Easily arranged or adjusted. 2 Easily reconciled, reconcilable. 3 Easily disentangled, as a string.
so-riaghladair,** *s. m.* Mild governor, lenient ruler. 2 One who rules with facility.
so-riaghladh, *a.* Easily governed, easily managed, governable, manageable.
so-riaghlaichte, see so-riaghlaidh.
so-riaghlaidh, *a.* Governable, manageable.
so-riaghailtichte, see so-riaghlaidh.
so-riaghluichte, see so-riaghlaidh.
sorn,(AF) *s.* Eagle.
sòrn, -ùirn, *s.m.* Snout. 2 Flue of a kiln or oven. 3 Concavity. 4 DC) Kiln for drying corn—*Uist.* 5**Disagreeable visage. 6 Hearth—*Sàr-Obair.* 7 Fireplace of an oven or kiln. S.-rac, *an oven-rake* or *baker's peel ;* damh-sùirn, *a kiln-joist, lantern of a kiln.* [*gen.* sòirn.**]
sòrnach, -aiche, *a.* Long-chinned. 2 Having a snout. 3 Pettish, ill-natured. 4 Having a flue or chimney.
sòrnach,(J McF) *s.f.* Great heap of boulders at the foot of a precipice. Is iomadh linn o 'n a thuit an t-sòrnach seo gu léir *it is many generations since the whole of this heap of boulders fell—Sgeul.-nan-caol, p.125.*
sornag, -aig, -an, *s.f., dim.* of sòrn. Little kiln. 2 (DC) Shagreen ray (fish.)
sòrnair,** *s.m.* Baker. 2 Long-chinned person. 3 Peevish fellow.
sòrnaireachd,** *s.f.* Business of a baker.
sòrnairean, *n.pl.* of sòrnair.
sòrnan, -ain, -an, *s.m.* Thornback (fish.) 2 Small skate. 3†† Little flux. 4 (DC) Ray, shagreen ray—*Uist.* 5 Little flue. 6 Little snout. 7 Little chin. 8 Hillock. 9* Young skate.
sornanach,** *a.* Abounding in skate (fish.) 2 Of, or like skate. 3 Having little hillocks.
sòrnan biorach, *s.m.* Sharp-snouted white skate —*Lewis.*
sòrnan busach, *s.m.* White round skate—*Lewis.*
sòrnan sgreabach,(DMy) *s.m.* Rooker (fish.)
sòrn-aoil, *s.m.* Lime-kiln. [McL & D gives *s.f.*]
so-roghnuichte, see so-roghnuidh.
so-roghnuidh, *a.* Eligible, preferable, excellent.
so-roinneadh,** *a.* Divisible.
so-roinnte, *a.* Divisible, easily divided.
sorsa, see seòrsa.
sòrt, -òirt, *s.m.* Sort, kind, species.
sortan,** -ain, *s.m.* Shout. 2 Praise, glory.
sorthan,** -ain, *s.m.* Reproof. 2 Prosperity.
soruidh, see soraidh.
so-ruigheachd,** *a.* Approachable, attainable, easily reached.
so-ruigsinn,** *a.* Attainable, approachable.
so-ruitheadh, *a.* Glib.
sos, -ois, *s.m.* Any unseemly mixture of food. 2 Coarse mess. 3†† Large bellyful of food. 4 Food for dogs—*W. of Ross.*
sos,** *s. m.* Cessation, giving over. 2 Knowledge.
sosadh,** -aidh, *s.m.* Dwelling, abode.
sosar,** *a.* Younger, youngest.
so-sgaoileadh,‡‡ *a.* Expansible.
so-sgaoilte, *a.* Dissoluble.
so-sgaradh, *a.* Refrangible.
so-sgitheachaidh, *a.* Fatiguable.
so-sgoilte, *a.* Fissible.
so-sgoltadh, see so-sgoltaidh.
so-sgoltaidh, *a.* Fissible.
so-sgriosadh,** *a.* Consumable.
so-shailleadh, *a.* Conditive.
so-shamhlachadh,** *a.* Comparable, applicable, easily matched.
so-shamhlachaidh,** *a.* Applicable. 2 Coagulable.
so-shamhlachail,(MS) *a.* Comparative.
so-shamhlachd, *s.f ind.* Imitability.
so-shamhluichte, *a.* Applicable.
so-shaoilsinn, *a.* Conceivable.
so-shaoraidh, *a.* see so-fhuasglaidh.
so-shàruchaidh,‡‡ see so-sgitheachaidh.
so-shàruichte, *a.* Conquerable. 2 Easily fatigued. 3 Easily oppressed.
so-sheachanta, *a.* Avoidable, easily shunned.
————chd,** *s.f.* Avoidableness.
so-sheachnach,** see so-sheachanta.
so-sheachnadh, see so-sheachanta.
so-sheachnaidh, see so-sheachanta.
so-sheargta,** *a.* Adustible.
so-sheasamh,‡‡ *a.* Maintainable.
so-sheilbhichte,(MS) *a.* Appropriable.
so-sheòlaidheachd,‡‡ *s.f.ind.* Navigableness.
so-sheòlta, *a.* Navigable, easily directed or guided.
so-shineadh,** *a.* Easily stretched.
so-shinte,** *a.* Ductile, as wire, easily stretched.
————achd,** *s.f.ind.* Ductility.
sosmaid,(DC) *s. m.* Hash of meat, mixture of fragments of food—*Argyll.*
so-smuaineachaidh,‡‡ see so-shaoilsinn.
so-smuainteachadh, *a.* Conceivable.
————————, -aidh, *s.m.* Conceivableness.
sosraich,(CR) *s.* Food for cattle—*Gairloch.*
†sosta,** *s.m.* Abode, dwelling-house.
sostan, -ain, *s.m.* Noise. 2 Cry.
———ach,** *a.* Noisy, clamorous.
———achd,** *s.f.* Noisiness, clamorousness.
so-stiùraidh, -e, *a.* Governable, manageable.
so-streapaidh,†† *a.* Mountable.
sot,** *v.a.* Boil anything overmuch.
sotail,* *v.a. & n.* see dean sodal.
sotal, -ail, *s.m.* see sodal.
——ach, -aiche, *a.* see sodalach.
——achd,* *s.f.* see sodal.
——aich, see sodalaich.
sòth, see sògh.
so-thagraidheachd,‡‡ *s.f.ind.* Justifiableness.
sòthail, see sòghail.
so-thaiseachaidh,‡‡ *a.* Mollifiable.
sothaisgean, see soisgeul.
sothan,** *s m.* Spruce fellow.
so-thaomadh,* *a.* Exhaustible.
so-thaosga, *a.* Exhaustible, that may be drained.
so-thaosgadh, see so-thaosgaidh.
so-thaosgaidh, *a.* Exhaustible, that may be

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

drained
so-tharruing, see so-tharruingte.
so-tharruingte, *a.* Easily drawn.
so-thàth,** *a.* Associable.
so-theagaisgte, *a.* Docile, teachable
so-theagasg,** *a.* Easily taught, docile.
so-theanndadh,** *a.* Easily turned
so-thionndach,‡‡ see so-iompachaidh
so-thionnsgalach,‡‡ -aiche, *a* Contrivable.
so-tholladh,** *a.* Perforable, easily bored.
so-thollaidh, *a.* ‡‡Permeable. 2 Boreable, perforable
so-thollta, *a.* Boreable
so-thomhaiseachd,‡‡ *s.f* Measurableness.
so-thomhasachd,‡‡ *s.f* Measurableness
so-threabhach, -aiche, *a.* Arable
so-threabhaidh, -e, *a.* Arable
so-threòruichte, *a.* Easily led or directed.
so-thruaillidh, -e, *a.* Corruptable, easily corrupted.
so-thruaillidheachd, *s.f.ind.* Corruptibleness
so-thuigse, *s.f.ind.* Quickness of comprehension or understanding.
so-thuigseach,(MS) *a.* Comprehensible.
so-thuigseachd, *s.f.ind* Perspicuity.
so-thuigsinn, *a.* Intelligible, easily understood, apprehensible.
so-thuigsinneachd, *s.f.ind.* Perspicuity.
sotlaidh,** *s.f.* Harm, damage.
————,** *a.* Bad, naughty.
sotsach,** *a.* Plump, fat, chubby.
sotsag,** -aig, *s.f.* Plump young girl. 2 Pillion.
so-uisgeach, *a.* Waterish, that may be moistened, moist, watery, apt to be moist, easily watered.
so-uisgichte, see so-uisgeach.
so-uisgidh, *a.* see so-uisgeach.
so-ùrachaidh, *a.* Renewable.
spac,** -a, *s.m.* Sudden exertion, as in wrestling. S. cleachdaidh, *wrestling, a wrestling-match;* tha iad a' cur s. cleachdaidh, *they are wrestling.*
spacadh,(CR) -aidh, *s.m.* Wrestling—*Perthshire.* Tha iad ri s., *or* tha iad a' cur spacaidh, *they are wrestling.*
spachadh,** -aidh, *s.m.* Plucking by the roots.
spad, *pr. pt.* a' spadadh, *v.a.* Kill, knock down at a blow, fell. 2 Flatten, strike flat to the ground.
spad,* -aid, *s.m.* Gaelic spelling of *spade.* [**s.f.*]
†spad, -a, -an, *s.m.* Clod, lump, sod.
spad, *a.* Flat. 2 Dead. 3 Lumpish. 4 Flapping, hanging down.
†spadach, -aiche, *a.* Full of clods. 2 Sluggish. 3 Stupid.
spadach,** *a.* Like, or full of, clods or turf. 2 Like a spade, of a spade. 3 Felling, knocking down. 4 Flattening. 5 Prone or ready to bruise. 6 Ready to strike or fell to the ground.
spadadh, -aidh, *s.m.* Killing, knocking down, felling. 2 Flattening, act of flattening, making flat. 3 Bruising. 4 Digging with a spade. A' s—, *pr.pt.* of spad.
spadag, -aig, -an, *s. f.* Fillip. 2 Quick blow, knock-down blow. 3 Oath 4 Quarter of a limb of an animal cut off. 5††Ham. 6**Kind of play. 7††Light blow.
spadag, *s.f.* Limb. Cha'n 'eil aig' ach a cheithir spadagan fhéin, *he has only his own four limbs*—said of a man without encumberance—*West coast of Ross.*
spadagach,†† *a.* Abounding in light blows, or 2 in quarters of animals, &c. 3**Filliping. 4** Knocking down
spadaiche,** -an, *s.m.* Feller. 2 Bruiser, pugilist.
spadaidh, *fut.aff.a.* of spad. Shall knock down.
spadail, -e, *a.* see spaideil.
————, *gen.sing.* of spadal.
spadair, -ean, *s.m.* Fop. 2 Braggart. 3††Killer. 4††Dull person. 5**Bruiser pugilist. 6 †† Dandy. 7 Feller. 8 [* spadaire] Terrible swearer.
————eachd, *s.f.ind.* Foppery 2 Boasting, habit of boasting gasconade. 3 Killing, slaughtering. 4 Bruising, pugilism 5 Frequent or continued felling, knocking down.
spadal, -ail, -an, *s.m* Paddle. 2 Plough-staff, for removing adhering earth
————ach, *a* Pertaining to a paddle or plough-staff.
spadalachd,(MS) *s.f* Airiness
spadanach,** -aich, *s.m.* Sluggard.
————,** -aiche, *a.* Slow sluggish.
spadanta,** -ainte, *a.* Mean, niggardly 2 Sluggish, slow 3 Benumbed. 4††Dull, heavy
spadantachd,‡‡ *s.f* Meanness niggardliness. 2 Sluggishness, laziness, slowness
spadar,** *fut. pass.* of spad
spad-chas,* *s.f.* Splay-foot. 2 Flat foot, plain sole.
————ach, -aiche, *a.* Splay-footed. 2 Clumsy. 3 Plain-soled.
————ach, -aich, *s.m* Splay-footed person
spad-chluas, -aise, -an, *s.f* Dull ear. 2 Flapping, hanging ear, flat ear.
spad-chluasach, -aiche, *a.* Flat-eared. 2 Dull of hearing.
————, -aich, *s.m.* Flat-eared person 2 Deaf person.
spad-choisbheart,** *s.* Gaiters.
spad-chos, see spad-chas.
spad-fhacal, -ail, *s.m.* Vaunting expression, boast, rhodomontade.
spad-fhaclach, -aiche, *a.* Vaunting, boasting, gasconading. 2 Ostentatious.
spad-fhaclair, *s.m.* Gasconader, braggadocio.
spad-fhèath,(DC) *s.m.* Flat calm—*Argyll.*
spadh,* *v.a.* Jerk, twitch.
spadh, -a, -an, *s.m.* Swathe of mown grass.
spadhach,** *a.* In swathes, as mown grass. 2 Having a good swathe.
spadhadh, -aidh, *pl.* -an & -annan, *s.m.* Strong and quick pull when rowing or mowing. 2 The utmost extent of the arms when stretched out. 3 What grass is cut by one stroke of a scythe, layer of mown grass, swathe of grass. 4††Space from which a swathe of grass is cut.—*Perthshire, W. of Ross-shire, &c.* 4 Bout or course by which a swathe is cut. 5 Elasticity. 6†† Pith. 7* Jerking, twitching, twitch.
spad-phluic, *s.f.* Blub cheek, chubby face.
————each, -eiche, *a.* Blub-cheeked, chubby faced.
————each, -eich, *s.m.* Blub-faced person, chubby-cheeked person.
spadrach, *s.m* Attention to dress—*Suth'd.*
spad-shroin, -shròna, *s.f.* Flat nose.
————each, see spad-shrònach.
spad-shrònach, -aiche, *a.* Flat-nosed.
————, *s.m.* Flat-nosed person.
spadta, *past pt* of spad. Killed, knocked down at a blow, felled. 2 Flattened, laid flat.
spadte, see spadte.
spad-thalamh, -thalmhainn, *s.m.* Unproductive ground, fallow ground.
spad-thinn,** *a.* Apoplectic.
spad-thinneas, -eis, *s.m.* Lethargy. 2 Apoplexy. 3 Epilepsy (falling sickness.)
————ach, -aiche, *a.* Apoplectic.
spàg,** *s.f.* Fold of the leaf of a book, caused by improper usage. 2 Distortion of a shoe occasioned by walking awry.
spàg, -aig, -an, *s.f.* Claw. 2 Paw. 3 Club-foot. 4 Limb of an animal. 5**Foot of a cloven-footed quadruped. 6** Long flat foot, plain

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

sole. 7** *in derision*, Clumsy foot. 8 Stilt of a plough. 9 Ham. Os cionn a spàgan, *above her feet*; s.-cùirn, *the beam of a sledge or waggon*; spagan dubha, *hams dried in smoke*.

spàg, *v.a.* Make awry, distort anything. 2 Fold up the leaves of a book. 3 Distort a shoe.

spàgach, -aiche, *a.* Uttering words indistinctly. 2††Having a long chin. 3**Folded up, as the leaves of a book by improper usage. 4** Distorted, as a shoe.

spàgach, -aiche, *a.* Clawed, having claws. 2 Pawed, having paws. 3 Walking awkwardly. 4 Having awkward legs or feet. 5 Distorted, turned awry. 6 Club-footed. 7 Broad-footed. 8 Out-toed. 9 Like or pertaining to hams.

spàgach,* -aich, *s.f.* Club-footed female.

spagada-gliog,** *s.* Balderdash, ostentation, gasconade. S. Chloinn Dòmhnuill, *the Mac-Donald swagger*.

spàgadh, -aidh, -ean, *s.m.* Obliquity of the mouth.

spàgadh, -aidh, *s.m.* Distorting, act of distorting. A' s—, *pr.pt.* of spàg.

spàgair, -e, -ean, *s.m.* An awkward-footed fellow. 2 One who walks awkwardly. 3 Flat-footed person. 4 Club-footed person. 5†† Clumsy-footed fellow. [*nom.* -e.]

———eachd,** *s.f.* Awkward, sprawling gait.

spàgaire-tuinne, *s. m.* Little grebe, see spàg-ri-tòn.

spagh, see spadhadh.

spaghadh, see spadh & spadhadh.

spagluinn, -e, *s.f.* Ostentation, show, conceit, bombast. 2* Attitude of having the arms akimbo and the foot stretched out. 3* Fool's pride. [*spagloinn]

————each, -eiche, *a.* Ostentatious, showy, conceited, bombastic.

————each,** *s.m.* Ostentatious, conceited person.

————eachd, *s.f.* see spagluinn.

spàg-nam-mionaidean, *s. f.* Minute-hand of a timepiece—*W. coast of Ross.*

spàg-ri-tòn,¶ *s.f.* Little grebe, dabchick—*podiceps minor.* [**colymbus auritus*]

645. Spàg-ri-tòn.

spaid, -e, *pl.* -eachan, Gaelic spelling of *spade*, see spad. 2**Clod.

——, *gen.sing.* of spad.

†——, *s.f.* Drug. 2 Sluggard. 3 Eunuch. 4 Carrion. [fruitful.

†spàid, *a.* Dull, heavy. 2 Dead, insipid. 3 Un-

spaide,** *s.f.* Show, ostentation. 2 Foppery. 3 Sluggishness.

spaideal, -eil, *s.m.* Spatula. 2**Slice. 3 Spaddle. 4 Plough-staff.

————ach, -aich, *s.m.* Baw-cock, spark, gay young man.

————achd, *s.f.ind.* Conceitedness, showiness, foppishness, gaudiness. 2**Sluggishness.

spaideantachd,** *s.f.* Obtuseness.

spaideil, -e, *a.* Well-dressed, conceited, beauish, foppish, gaudy, showy, proud. 2**Sluggish.

spaid-fhìon,** -fhìona, *s.m.* Flat or dead wine.

spaidhe, *s.* Slide.

spaidh-eilearachd, see speileireachd.

spaidhir,* -e & -dhreach, *pl.* -ean, *s.f.* Pocket-hole of a petticoat, placket. 2 Flap of trousers. 3**Petticoat.

spaidhleireachd,†† *s.f.* Unnecessary climbing, fidgetting.

spaidir,* *v.a.* Scatter carelessly.

spaidreach,* -eich, *s.f.* The thing scattered, the state of lying here and there.

spaidsear, see spaisdear.

spaidsireachd, see spaisdearachd.

spaidsirich, see spaisdirich.

spaid-thalamh,** -thalmhainn, *s.m.* Unproductive ground.

spaig, -e, -ean, *s.f.* Wry mouth. 2 Long chin.

spàig,** *s.f.* Lame leg.

spàil, *v.a.* Swaddle, swathe, wrap up. (spaoil.)

spailleach, see spaoileach.

————adh, see spaoileachadh.

spailleachdalachd, *s.f.ind.* see spailleichd.

spailleadh,** -idh, *s.m.* Check. 2 Abuse. 3 Fall.

spàilleadh, see spaoileadh.

spailleichd, -e, *s.f.* Vain-glory, boasting, ostentation, conceitedness, foppery.

spailleichdeach,** *a.* see spailleichdeil.

spailleichdear,** *s.m.* Coxcomb.

spailleichdear, -ir, -ean, *s.m.* Boaster, vain-fellow, fop, ostentatious man, vaunter, egotist.

————————ach, -aiche, *a.* Coxcomb-like.

spailleichdeil, -e, *a.* Vain-glorious, ostentatious, conceited, foppish.

spàillich, see spaoil.

spaillichdealachd,** *s. f.* Vain-gloriousness, ostentation, conceitedness, foppery.

spailp, -ean, *s.m.* Pride, spirit, courage, boldness. 2 Conceit, self-conceit. 3 Foppish young man, beau. 4* Airs of importance. 5** Armour, belt. 6**Kiss. 7 Lie. [**spealp.] 8** Attitude of the foot stretched out, as of a self-important fellow. [** gives *s.f.* & *gen.* -e.] Cha ruig thu leas a bhith 'cur s. ort rium-sa, *you need not assume such airs in my presence*; shiubhail mi cian leat air m'eòlais, agus spailp de 'n stròic air m' aineol, *I have travelled far with you in parts known to me, and a creditable length of the journey where I was not acquainted.*—*Agus ho Mhòray.*

spailp,** *a.* Notable.

spailp, *v.n.* Strut, walk proudly or affectedly. 2 Stamp authoritatively with the foot in commanding.

spailpair,* see spailpean.

spailpe, *s.f.* see spailpeis.

spailpeach, -eiche, *a.* see spailpeil.

spailpeachd,†† *s.f.* Ostentation.

spailpeadh, -idh, *s.m.* Strutting, act of strutting or walking proudly. 2 Act of stamping authoritatively. A' s—, *pr.pt.* of spailp.

spailpean, -ein, -an, *s.m.* Fop, beau. 2 Mean insignificant fellow. 3 Conceited fellow, spalpeen. 4**Intruder. 5**Rascal.

spailpeanach, -aiche, *a.* Beauish, foppish. 2 Insignificant from vanity or conceit.

————d, *s.f.ind.* Foppishness, beauishness. 2 Silly vanity.

spailpeanta, *a.* see spailpeil.

spailpear,** -eir, -an, *s. m.* Beau, fop, spruce fellow. 2 Intruder.

spailpearra, *a.* see spailpeil.

————, *s.m.* see spailpean.

————ohd, *s.f.ind.* Conceitedness, foppishness. 2 Habit of silly boasting or vain-glorious talk.

spailpeas, -eis, *s.m.* Stateliness.

spailpeil, -e, *a.* Conceited, foppish, beauish, spruce. 2 Boasting, vain-glorious, silly. 3 Walking proudly, strutting. 4 Notable.

spailpeir, -ean, see spailpean. [*-air]

spailpeis, *s.f.* Self-conceit.

spailpire,* see spailpean.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

spailpireachd,* *s.f.* Self-importance. 2 Important airs of a silly person.
spàin, -e, *pl.* **-ean & -eachan,** *s. f.* Spoon. **Làn-spàine,** *spoonful.*
spàin-aoil,** *s.f.* Trowel.
spàin-bhròg, *s.f.* Shoe-lift, shoe-horn.
spàineach, -eiche, *a.* Of or belonging to spoons. 2 Like a spoon.
spàineachan, *n.pl.* of spàin.
spàineag, -eig, -an, *s. f., dim.* of spàin. Little spoon. 2‡‡Spoonful.
————ach, *a.* Of, or belonging to, little spoons.
spàinean, *n.pl.* of spàin.
spainneach, see spainteach
spàinteach, -ich, *s.m. & f.* Spaniard, long kind of fowling-piece understood to have been made in Spain. 2 Spanish sword, toledo. 3 Spoonful. **Is lionmhor s. air taobh cli aca,** *many a sword hangs by their side;* s. ime, *a spoonful of butter;* lann Spàinteach (*a.*), *a toledo.*
spairis,* *s.f.* Conceitedness, foppishness, conduct or attitude of having the hands in the trousers' pockets.
spairiseach, -eiche, *a.* see spairisteach.
————d, see spairisteachd.
spàinn,** *v.n.* Strive, struggle, wrestle.
spàirn, -e, *s.f.* Effort, hard struggle, violent exertion. 2 Striving, contest, conflict. 3 Emulation, rivalry. 4 Pain, agony. 5 Difficulty. 6 Stress, violence, force. 7**Log of wood. 8** Wrestle. Cha s. sin orm, *that is no hard task to me;* ni mi sin gun s., *I can manage that without an effort;* s. a' bhàis, *the death-agony;* s. nan laoch, *the struggle of the heroes.*
spàirneach,** *a.* Emulous, causing emulation. 2 Struggling, striving, making an effort. 3 Rivalry, 4 Wrestling. [also spàirneil]
spàirneachd, *s.f.* see spairnealachd.
spàirneadh,** **-eidh,** *s.m.* Wrestling. 2 Contest. exertion.
spairneag,** **-an,** *s.f.* Conch.
--————ach, -aiche, *a.* Shelly.
spairneag-bàirneach,* *s.* Limpet.
spàirnealachd, *s.f.ind.* Struggling, wrestling, continued and hard struggle. 2 Difficulty. 3 Uneasiness. 4**Emulation, rivalry.
spairisteach, -eiche, *a.* Beauish, foppish, gaudy. 2 Arrogant, conceited, strutting, showy.
————·——, -eich, *s.m.* Beau.
————·—d, *s.f.ind.* Foppishness, gaudiness. 2 Arrogance, conceitedness, strutting gait.
spairneag, *s.f.* Shell.
————ach, *a.* Shelly.
spàirneil, -e, *a.* Making great efforts, struggling, emulous, striving, contending. 2 Enduring agony. 3 Causing agony. 4 Laying stress upon anything. 5 Using strength or force. 6 Difficult, arduous, troublesome. 7 Requiring struggles or efforts.
spàirniche, *s m.* Striver.
spàirnidh, *fut.aff.a.* of spàirn.
spairt,** *a.* Thick.
spairt, -e, -ean, *s.f.* Turf, clod. 2 Splash of water. 3 Drop, least drop of any liquid. 4** Violent knocking down. 5**Smash, smashing. 6**Daub, daubing. 7††Plaster. 8**Inspissated fluid. Le spairtibh ùire, *with clods of dust.*
spairt, *pr. pt.* a' spairteadh, *v.a.* Plaster, daub over, as with lime or clay. 2 Splash with water. 3 Spatter, bespatter. 4 Pelt. 5**Knock down, throw to the ground with violence. 6‡ Brain. 7**Smash
spàirte, *past pt.* of sparr. Fastened, fixed, wedged in, bolted, thrust, jammed.
spairteach,* **-eiche,** *a.* Thick, as cream. 2‡‡ Daubing. 3‡‡ Splashing. 4‡‡ Abounding in clods. 5‡‡In large drops. 6**Smashing.
spairteachd, *s.f.* Frequent splashing, daubing or smearing. 2**Smashing.
spairteadh, -idh, *s.m.* Daubing, act of daubing. 2 Splashing, act of splashing. **A' s—,** *pr. pt.* of spairt. [see spultadh.]
spairtidh,†† -e, *a.* Tart, acid, alum-like.
†spaisd,* *v.n.* see spaisdirich.
spaisdear, -ir, -an, *s. m.* Saunterer, stroller rambler.
spaisdearach, -aiche, *a.* Sauntering, strolling, walking, parading, rambling.
————,* *s.m.* Walk in a garden, promenade.
————d, *s. f.* Walking, act of walking, strolling, sauntering, promenading, parading for pleasure. 2**Airing. 3 Kind of tune in ceòl-mór. **A' s—,** *pr.pt.* of spaisdirich. **Tha mi dol a ghabhail ceum s.,** *I am going for a stroll;* **àite-s.,** *a promenade.*
spaisdir,* see spaisdirich.
————ich, *pr. pt.* a' spaisdireachd & a' spaisdearachd, *v.n.* Walk, saunter, strut along, walk proudly, ramble, walk for pleasure.
spaisdreach,* *s.m.* see spaisdearach.
————d, see spaisdearachd.
spaisdrich, see spaisdirich.
spaisean,** **-ein,** *s.m.* Term of contempt for a boy.
spàl, -àil, -an, *s,m.* Weaver's shuttle.
spàl, -a, -an, *s.m.* see spathalt.
spàlach, -aiche, -aiche, *a.* Of, or belonging to shuttles. 2 Like a shuttle.
spàladair, -ean, *s.m.* Shuttle-maker.
spàlag, -aig, -an, *s.f.* Cod or husk of any leguminous vegetable, as a pea or bean. 2 Stroke of an oar in rowing. 3 Piece of dried bark. 4 ‡‡Small spoon.
spàlagach,** *a.* Podded, having a large pod or husk. 2 Pertaining to pods or husks.
spàlagan, *s.m.* Oar-stroke.
spàlan, -ain, *s.m.* see spàlag.
†spall,** *v.a.* Beat, strike.
spalla,** s. Wedge, fragment of stone used in building. 2 Pinning in building.
spalladh, see spalla.
spallair,** **-ean,** *s.m.* Espalier.
spalp, see spailp.
·——adh, see spailpeadh.
spalpair,* see spailpear.
spang, -aing & -a, *pl.* **-an,** *s.f.* Any small thin plate of metal. 2 Anything shining or sparkling. 3**Span. 4††Drop. 5‡ Spangle.
————ach, -aiche, *a.* Abounding in thin plates of metal. 2 Like a plate of metal. 3 Shining, sparkling.
spangachadh,** **-aidh,** *s.m.* Spanning.
spangaich,** *v.a.* Span.
spangan, (*pl.* of spang.) Spangles, glittering toys, decorations, embellishments—*Sar-Obair.*
spann, -an, *s.* Hinge. 2 Hasp. see bann.
spann, -adh, *v. a.* Sever, cut asunder, divide, splinter. 2 Dash. 3 Wean, as a child. 4†† Kill with one stroke, despatch.
spannach,* **-aich,** *s.f.* Splinter. **S. iorgaill,** *a bone of contention.*
————adh,†† *s. m.* Knocking down flat. 2 Killing with one stroke, despatching. **A' s—,** *pr.pt.* of spannaich.
spannadh, -aidh, *s.m* Severing, act of severing, cutting asunder, dividing. **A' s—,** *pr. pt.* of spann. **Tha mi an dòchas nach faigh thu mi-e fo d' s.,** *I hope you will not get me into your power—Lewis.*
spannaich, *pr.pt.* a' spannachadh, *v.a.* see spann.
spaoil, *v.a.* Wrap up, swathe, swaddle. (‡spaoill.]
spaoile,* *s.m* Spindle of yarn.
spaoileach,** *a.* Swaddling, swathing, wrapping

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

up.
spaoileadh, -idh, *s.m.* Wrapping, act of wrapping up, swathing or swaddling. 2 (CR)Staring, gaping, looking in alarm—*Suth d.* A' s—, *pr.pt.* of spaoil. Brat spaoilidh, *a swaddling band.*
spaoileadair,** *s.m.* Swaddler, swather.
spaoilear, *fut. pass.* of spaoil.
spaoilidh, *fut. aff.* a. of spaoil. 2 *gen. sing.* of spaoileadh.
spaoilte, *past pt.* of spaoil. Swathed, swaddled
spar, see spor—*Arran.* Spar a' choilich *for* spor a' choilich.
spar, -a, -an, see spàrr.
spàrach, see spàrrach.
sparag,(CR) *s.f.* Boasting, boastfulness.
sparan, see sparran.
sparasach, -aiche, *a.* see spairiseach.
————d, see spairiseachd.
spàrd,* see spàrdan.
spàrdan, -ain, -an, *s.m.* Roost, hen-roost. 2 Little eminence or hill, flat at top. 3(CR)Short, steep acclivity.—*West of Ross-shire.* 4 Level shelf on a hill-side, where one would naturally rest.
spàrdanach, -aiche,*a.* Having roosts. 2 Abounding in roosts. 3 Like a roost. 4 Roosted, perched as a roost.
sparn, see spàirn.
sparnag,** *s.f.* see spairneag.
spàrr, *pr.pt.* a' spàrradh, *v.a.* Drive, as a nail or a wedge. 2 Induce by force. 3 Fix, rivet, nail. 4 Thrust. 5 Enforce by argument,inculcate. 6**Dash, dash forward. S. e a làmh ann (*no* innte) ; *he thrust his hand into it ;* s. air e, *clap it on it ;* a' crannadh 's a' spàrradh an doruis *bolting and wedging the door ;* a' spàrradh an ni seo oirnn, *inculcating this thing on us.*
spàrr, -a, -an, *s.m.* [*f.* in *Badenoch & Gairloch*] Joist, beam, spar of wood. 2 Cross-beam of a roof, purlin, see under taigh. 3 Roost, hen-roost. 4 Large nail. Am mac air an s. 's an t-athair gun bhreith, *the son on the roost and the father unborn*—i.e. the smoke of a fire not kindled, said of things loudly proclaimed before they exist—N.G.P.
sparraban,(AG) *Reay country* for bannanan.
spàrrach,**a.Having a roost. 2 Like a roost. 3 Roosted, perched, as on a roost. 4 Joisted.
sparrach,** *a.* Driving, shoving. 2 Dashing. 3 Nailing, riveting. 4 Inculcating, enforcing.
sparrach,* -aich, *s.f.* Sheath.
spàrradh, -aidh, *s.m.* Driving, act of driving, as a nail or wedge. 2 Act of inducing by force. 3 Fixing, act of fixing, riveting or nailing. 4 Thrusting, act of thrusting or shoving. 5 Enforcing, act of enforcing by argument, urging, inculcating. 6 Injunction, charge. 7**Nail, rivet. 8**Dashing. A' s—, *pr. pt.* of spàrr. Thug e s. dhaibh, *he gave them a charge ;* a'cur s. orra, *charging them ;* teann s., *a strict injunction ; firm nailing or riveting.*
sparrag, -aig, -an, *s.f.* Bridle bit. 2 Intricacy, difficulty 3 Undue vehemence in enforcing an argument. 4 Positiveness, petulance. 5 Rivet, nail.
————ach, -aiche, *a.* Having a bit, as a bridle. 2 Difficult, intricate. 3 Obstinate. 4 Vehement, petulant. 5**Nailed, riveted.
sparragaich,** *v.a.* Drive. 2 Nail, rivet. 3 Inculcate. 4 Charge strictly. 5 Bridle, curb.
————,** *a.* Having a bit, as a bridle. 2 Nailed, riveted.
————te, *past pt.* of sparragaich.
sparraich,* *s.pl.* Household furniture—*Islay.*
sparrall,** *a.* Peremptory.
spàrran, -ain, -an, *s. m., dim.* of spàrr. Bolt or bat. 2 Crisping-pin. S.-doruis, *a door-bolt.*
sparranan,* *s.pl.* Spasms.
sparrasach, see spairiseach.
————d, see spairiseachd.
spàrr-buinn, *s.* Part of dealbh, p. 317.
spàrr-ealaig,(DC) *s.m.* Pin projecting above the roof at each end of house to which to fasten the ropes for holding the thatch in its place—*Uist.*
spàrr-gaoithe,(DC) *s.m.* Cross-joist near ridge of a house strengthening the couples—*Uist.*
spàrr-mullaich, *s.m.* Part of dealbh, p. 317.
sparrta, *past pt.* Adacted.
spàrsan, -ain, -an, *s.m* Dew-lap of a beast. 2†† Gizzard of a bird. 3 **Diminution. 4 Diminutive person. 5**Dry stalk. 6** *in contempt,* Flaccid, hanging lip
————ach, -aiche, *a.* Dew-lapt, having a dew-lap. 2 Having a flaccid lip. 3††Having a gizzard.
spart,* -airt, *s. m.* Essence, quintessence. 2 see spairt. 3 Clod. S. an uachdair, *the essence of cream, best of cream ;* s. càbhruich,*the farina of sowens without the liquid part.*
†spart,** *a.* Heavy, dull, dense.
spàt,(DMK) *s. m.* Heavy shower of rain. S.-uisge, *a heavy fall of rain—Caithness.*
spat,** *s.m.* Flap.
spathalt, -ailt, -an, *s. f.* Limb. 2 Large and clumsy limb. 3**Joint of meat.
————ach, -aiche, *a.* Limbed. 2 Having large and clumsy limbs.
speac,** *s.m.* Spoke, bar.
————ach, *a.* Having spokes or bars, as a wheel or gate
speacaich,** *v.a.* Provide with spokes or bars.
speach, -a, -an, *s.f.*[& *m* **] Wasp. 2 Any venomous little creature. 3 Bite or sting of any venomous creature.
speach,(AC) *s.* Stone, doorstep, flat stone in a byre floor 2 Certain stone in a byre drain. S na bathcha, *the doorstep of the byre.*
speach, -a, *pl* -an & -annan, *s.m.* Blow 2 Kick. 3 Thrust. 4**Froth 5**Game called "fillip." 6 Stitch in the side. 7 Dart—*Sar-Obair.* 8 (DC) Cuts on face, hands, &c. 9* Smart, clever blow
speach,(AC) *s* Claw, hoof. 2 Animal
speach,* *v.a.* Bite, strike smartly. 2(DC) Mark as by cuts. Tha 'aodann air a s., *his face is marked by cuts.*
speachach, -aiche, *a* Abounding in wasps. 2 Like a wasp. 3 Venomous, stinging
speachag, *Uist* for spitheag. Tilg s. air a' bhoin, *throw a stone at the cow.*
speachadh,(MS) *s.m.* Gap.
speachair, -ean, *s.m* One who strikes, beats or kicks. 2 Waspish, peevish fellow. 3 Little, trifling fellow.
speachannach, -aiche, see speachanta.
speachanta, -ainte, *a.* Waspish,peevish, vicious. 2 Quick, nimble. 3**Dealing blows.
speachantachd, *s.f.* see speachantas.
speachantas, -ais, *s.m.* Peevishness, waspishness, viciousness. 2 Quickness, nimbleness. 3** Crossness.
speacharra, see speachanta.
————chd, see speachantas.
speaclairean, see speuclairean.
spead,* -a, -an, *s.f.* Very small foot or leg. 2 Cow's or sheep's kick—*Badenoch.*
speadach,* -aiche, *a.* Sheep-shanked. 2 Kicking—*Badenoch.*
————,* *s.f.* Sheep-shanked female.
speadair,* -ean, *s.m.* Sheep-shanked man.
speal, -a, -an, *s.f.* Scythe. 2 Sword. 3 Touch.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

4 Scythe-blade. 5**Mowing hook. 6**Short spell at any kind of work. 8**Short spell of vigorous exertion. Thoir s. air an obair, *bestow a short while at the work.* [In *Gairlodh*, Nos. 1 & 7 are represented by different Gaelic words, No. 1 being speall with the diphthong short and the *ll* short, and No. 7 speall, the *e* only being sounded—DU.]

NAMES OF THE PARTS OF A SCYTHE:—

Bann, *ring* securing heel of blade to the handle.

Cearcall-buana, (AH) *hoop* arranged on the shaft to help in laying the corn evenly for binding. The ellipse formed by the hoop is sometimes covered with thin canvas or cotton.

Crann, crann-speala, dorn, putag, *handle-haft, shaft.*

Geinn, *wedge* tightening the ring.

Iarunn, *blade.*

Snàthad, Snathad-feòir (AH), *hook* which holds the blade at the proper angle.

speal, *pr.pt.* a' spealadh, *v.a.* Mow, cut down. 2 Scythe, cut with a scythe. 3 Use cutting words.

spealach, -eiche, *a.* Of, or belonging to, a scythe. 2 Like a scythe or hook. 3 Mowing. 4 Using cutting words.

spealadair, -ean, *s. m.* Mower, scytheman. 2 Scythe.

———eachd, *s.f.ind.* Mowing.

spealadh, -aidh, *s.m.* Mowing, act of mowing or cutting down. 2 Act of using cutting words. 3 Scolding, scold. 4**Shelling, (for spioladh.) A' s—, *pr.pt.* of speal.

spealain,** *s.pl.* Shavings.

spealair, -ean, *s. m.* Mower, one that cuts or mows fast. 2 Satirist, one who uses cutting words.

———eachd, see spealadaireachd.

spealan, -ain, *s.m.* Scythe.

spealanta, -ainte, *a.* Acute, cutting, that cuts. 2 Quick, ready. 3 Sharp, satirical, using cutting words. 4‡‡Clever, active. 5 Ready-spoken.

———chd, *s.f.ind.* Acuteness. 2 Quickness, readiness. 3 Sharpness of language. 4††Cleverness, activity, acuteness.

speal-bheòil, (DMK) *s.f.* Razor—*Gairloch.*

speal-chraois, (Fionn) *s.f.* Razor.

spealg, *v.a. & n.* Break with violence, make splinters of, split. 2 Chip, cleave. 3 Fritter. 4 Fall into splinters or pieces.

spealg, -eilg, -an, *s.f.* Splinter, fragment.

———ach, -aiche, *a.* Splintered. 2 That splits or splinters. 3 Full of splinters or fragments. 4 Smashing, splitting.

———ach,‡‡ -aich, *s.f.* Quantity of splinters, fragments or chips. 2* Splinter.

spealgadh, -aidh, *s.m.* Breaking, act of breaking with violence, smashing, splintering, splitting. 2 Cleaving, chipping. 3 Splinter, chip, 4 State of falling into pieces or fragments. A' s—, *pr.pt.* of spealg.

spealgair, -ean, *s.m.* One who splinters or breaks into fragments or splinters, cleaver.

———eachd,†† *s.f.* Splintering.

spealgan, *n.pl.* of spealg.

spealgarra, *a.* Splintering.

spealgta, *past pt.* of spealg. Splintered, broken into fragments.

spealp, -eilp, *s.m.* see spailp.

———air, see spailpear.

———aireachd, see spailpearachd.

———arra,** *a.* Beauish, spruce.

———arrachd, see spailpearachd.

spealt, -a, -an, *s.f.* Splinter. 2 Lath. 3 Dash in *writing* (—.) 4* Tall person. 5 (DMy) Splint to keep a broken limb in place.

spealt, *pr.pt.* a' spealtadh, *v.a* Cleave, split, break with force, smash. 2 Strike with violence. 3**Clash.

———ach, -aiche, *a.* Splintered. 2 Splitting, that splits. 3 Abounding in splinters or chips. 4 Chipping, smashing. 5 Clashing.

———achd, *s.f.ind.* Cleaving, splitting, shivering, chipping.

———adh, -aidh, *s.m.* Splitting, act of splitting, cleaving. A' s—, *pr.pt.* of spealt.

spealtag, -aig, -an, *s. f., dim.* of spealt. Small splinter.

———ach, -aiche, *a.* Abounding in small splinters.

spealtair, -ean, *s.m.* One who splits or cleaves. 2 Any instrument to split or cleave with, cleaver.

———eachd, *s.f.ind.* Continued cleaving or splitting. 2 Violent striking. 3 Clashing. Lainn ri s., *swords hacking*

spealtan, -ain' *pl.* -an & -ain, *s.m.dim.* of spealt. Fragment, splinter, shiver, chip. 2 *pl.* of spealt.

———ach, -aiche, *a.* Same meanings as spealtagach.

spealt-chleas,** *s. m.* Mutual violence, giving blow for blow.

———achd,** *s.f.* Mutual violence.

speansa,** *s.m.* Cellar, parlour.

spearag,** -aig, *s.f.* see speireag.

spearl,** *v.a.* Spoil.

———ach,** *a.* Spoiling.

———adh,** -aidh, *s.m.* Spoiliation.

spearrach, see speireach.

spearrach, -aich, -aichean, *s.f.* Cow-fetter. 2 (CR) Goat-fetter. 3 Fetter placed on one of the fore-feet and one of the hind-feet of an animal to prevent its climbing or jumping over dykes. 4**Ham-string. 5 (DMK) String tied tightly round the hamstring of an animal with the object of impeding its locomotion. 6 6* Cross-fetters for sheep. Cuir s., *ham-string.*

———adh,** -aidh, *s.m.* Ham-stringing.

spearraich, *v.a.* Fetter feet of cattle. 2 Ham-string.

———,** *gen.sing.* of spearrach.

spearraichear, *fut. pass.* of spearraich.

spearraichte, *past pt.* of spearraich.

spearralach,* -aich, *s.f.* Ham-string,

spearralaich,* *v.a.* Ham-string.

spéic, -e, -ean, *s.f.* Spike. 2 Bar, spar, spoke. 3 **Long nail. 4 Prop. 5 Blow, stroke. S. cuibhle, *the spoke of a wheel;* s.-làimhe, *the spoke* or *bearer of a bier.*

spéic, *pr. pt.* a' spéiceadh, *v. a.* Spike, fasten with spikes. 2 Prop, support. 3 Strike. 4 Spar.

——each, -eiche, *a.* Spiked. 2 Of, or belonging to, spikes, nails, bars, spars or props. 3 Fixing with spikes, bars, &c. 4 Like a spike, &c. 5 Furnished with spikes, &c. 6 Furnished with props, propped. 7 Like a prop. 8 Propping. 9 Sparred. 10 Striking blows. 11 Apt to strike blows. 12**Nailing. 13 Sustaining.

——eadh, -idh, *s.m.* Spiking, act of spiking or fixing with spikes. 2 Propping, act of propping. 3**Striking, act of striking. 4**Nailing. A' s—, *pr.pt.* of spéic.

speicean, *s.pl.* Tram or shaft of a cart.

spéid,* -e, *s.f.* see spid.

speid,** *s.f.* Spate, sudden flood, as in a stream after heavy rain.

——each,** *a.* Like, or pertaining to, a spate.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

spéideach, see spideil.
spéideil, -e, *a.* see spideil.
speidhil, *v.a.* see spéil.
speidhleachan, -ain, *s.m.* see spéileachan.
speidhleadh, -eidh, *s.m.* see spéileadh.
spéidhleireachd,** see spéileireachd.
speidich, *v.a.* see spidich.
speil, -e, -ean, *s.f.* Cattle, herd. 2 Drove, particularly of swine. (also speil-mhuc.)
spéil, *v.a. & n.* Slip, slide, skate. 2* Climb—*Islau.*
spéileach, -eiche, *a.* Apt to slip or slide.
speileachan, -ain, *s.m.* Skate.
speileadaireachd, *s.f.* Climbing. 2 Sliding.
spéileadh, -idh, *s.m.* Sliding, act of sliding, slipping, skating. 2 Stumbling. A' s—, *pr. pt.* of spéil.
spéileag,†† see béilleag.
speilean, *s.m.* Uist game corresponding to the game of "cat and bat." The necessaries for the game are the Speil or Cat, the Driver or Bat, and the Ball of worsted or hair. Two sides of equal numbers are picked, one side taking the first of the batting and the other of the fielding, as they win or lose the toss.

A hole is made in the ground with the heel, and one end of the Speil (a small piece of wood) is put into it. The ball rests in the hole on the inner end of the speil. The first batter strikes the end which protrudes with the driver, thus sending the ball into the air. While the ball is in the air, he smites it with all his power, the object being to drive it as far as possible from the hole. If any of the opposing side catch it before it touches the ground the striker is out, but if no catch is made the first fielder to reach the ball gives a bowl (faireag) to the batsman. The latter again drives the ball as far as possible, and if a catch be made he is out. If, however, no catch be made, the first player of the opposing side to reach the ball, throws the ball into, or as near as he can, the hole. This is called" pìceadh." If it goes into the hole the player is out. If not, he measures the length of the ball from the hole by means of the bat. If it is not one bat's length he is out, if it is one or more, he plays on until he is out, when another member of his side comes in in his place. This continues till one side counts 100, or is all out, when the opposite side comes in. If neither side reaches the set number of points, whichever scores the highest is said to be the winner. This game is fairly popular still and is one of the healthiest and best of Uist games —*Celtic Review, Vol. IV, p. 362.*

spéilean, -ein, -an, *s.m.* Slippery place, place to slide on.
————achd,‡‡ *s.f.* Sliding, slipping. 2 Amusement of sliding or skating.
speileanta,* -einte, *a.* Eloquent.
————chd,* *s.f.ind.* Eloquence.
spéilearachd, see spéileireachd.
speile-cheann,(AF) *s.m.* Leader among pigs.
spéileireachd, *s.f.* Amusement of sliding or skating. 2 Frequent slipping or stumbling, A' s—, *pr. pt.* of spéilich.
spéileirich,‡‡ *pr.pt.* a' spéileireachd, *v.a.* Slide, skate.
speilg,* *s.f.* Sheep-shank.
speilgeach,* -eiche, *a.* Sheep-shanked.
————,* -eich, *s.f.* Sheep-shanked female.
speilgeir,* -ean, *s. m.* Sheep-shanked man. 2 Trifling-looking fellow.
speiligein,†† -ean, *s.m.* Spindle-shank, weakling.
————each, *a.* Having spindle-shanks.
speill, *v.* see spaoil.
speilleach, *a.* see spaoileach.
speilleadair, see spaoileadair.
speilleadh, see spaoileadh.
spéilleag †† -eig, -an, *s.f.* Curled bark.
————ach, -aiche, *a.* Pertaining to curled barks.
speillear, see spaoilear.
spéillidh, see spaoilidh.
spéillte, see spaoilte.
speilp,** *s.f.* Armour. 2 Belt. 3 Pride, foppery, conceit (spailp)
speilteir,** *s.m.* Zinc.
speinnse,** *s.* Partition.
speir, -e, *pl.* -ean -eachan, *s.f.* Ham or hough of a beast. 2 Hoof, claw, talon. 3 Ankle and thereabouts of the human leg. 4**in derision,* Sparrow-hawk. 5** Spades. 6 Clutch. 7 Hamstring of a horse. Cha'n fhagar s. dhiubh, *not a hoof of them shall be left.*
spéir *gen.* of speur.
speirbh,* *s.f.* Very slender leg or foot.
speirbheis,* -e, -ean, *s.f.* Sheep-shanked female.
speird, *s.f.* Energy, force,—*Dàin I. Ghobha.*
speireach, -ich, -ichean, *s.f* see spearrach.
speireach, -eiche, *a.* Slender-limbed. 2 Hoofed. 3 Clawed. 4 Cloven-footed. 5 Shanky. 6 Like a hawk. 7 Having houghs or hams.
spéiread, -eid, *s.m.* Strength, force, vigour. 2 Courage, bravery. 3 see spiorad.
spéireadail, -e, *a.* Spirited, bold, brave, courageous.
speireag, -eig, -an, *s. f.* Sparrow-hawk—*accipiter nisus.* (also speir-sheabhag.) 2**Slender-limbed girl. 3** Any slender-limbed creature of the feminine gender. 4**Shank.
speireagach, -aiche, *a.* Of, or belonging to sparrow-hawks. 2**Slender-limbed. 3**Shanked. 4**Having claws.
speirean,** -ein, *s.m.* Spindle-shank.
————ach, *a.* Spindle-shanked.
speirge, see speireag.
speirid,* *s.f.* Energy. 2 Speed, expedition.
spéirideil,* -e, *a.* Active, expeditious.
spéirleag, -eig, -an, *s.f.* Spurling.
speir-sheabhag, -aig, -an, see speireag.
speir-sheog, -oig, -an, *s.f.* see speireag.
spéis, -e, *s.f.* Liking, regard, attachment, endearment, affection, fondness, esteem. Thoir s., *bestow regard* or *affection* ; ma bheir mi s. do dh' aingidheachd, *if I regard iniquity* ; tha s. aige dhith, *he is attached to her* ; féin-s., *self-conceit.*
spéiseal, see spéiseil.
spéisealachd, *s.f ind.* Fondness, attachment. 2 Pride. 3 Esteem.
speisealta, -eilte, *a* Clean, neat, tidy, cleanly, as a cook or housewife. 2 Well-arranged, regular. 3 Acceptable. 4 Tight. 5**Becoming, comely, having a good appearance. 6* Neatly-dressed, tasteful. Gu s., *becomingly, handsomely.*
————chd, *s.f.ind* Cleanness, neatness. 2 Regularity, order, arrangement, comeliness, seemliness, handsomeness. 3 Tightness. 4 Fondness, attachment, state of being esteemed. 5 Tastefulness.
spéisear,** *s.m.* Admirer.
spéiseil, -e, *a.* Fond, attached, loving. 2 Loved, esteemed. 3 Estimable. 4 Acceptable. 5 Cleanly, tight, tidy. 6 Proud, having self-esteem. Tha thu agam ro s., *I esteem you very much.*
spéiseileachd, see speisealtachd.
spéis-thabhairteach, -eiche, *a.* Observant.
speubhaidh,(CR) *s.f.* Spavin—*Suth'd.*
speuc, *pr. pt.* a' speucadh, *v.a. & n.* Diverge, divaricate. 2 Cause to diverge. 3 Tear asunder.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

speuc, see spéic.
speucach, -aiche, *a.* Diverging, divaricated. 2 Causing to diverge or divaricate. 3 Tearing asunder. 4(MS) Ansated.
speucadh, -aidh, *s.m.* Diverging, act or state of diverging. 2 Tearing, act of tearing asunder. 3 Rent. A' s—, *pr.pt.* of speuc.
speuclair, -ean, *s.m.* Pair of spectacles. 2**Spy-glass. 3**Optician. 4* Object of surprise or wonder. S.-lùghainn, *temple-spectacles.*
————each, -eiche, *a.* Spectacled, wearing spectacles.
————each, -eich, *s.m.* Optician.
————eachd, *s. f. ind.* Optician's trade. 2 Speculation. 3 Surprise.
————ean, *n.pl.* of speuclair.
speuclairiche, *s.m.* Optician.
speuclan,(DU) *s.m.* Spectacles. [In *Gairloch* spiaclan.]
speur,* -a, *s.m.* [*f.* in *Badenoch*] The sky, firmament, heavens, heights. 2 Star. 3 Climate. 4 (DU) The buttoned opening in trousers, &c. Nèamh nan speur, *the firmament;* mar theine-speur, *like star-light, the fire-ball;* nochdaidh na speura gnìomh a làimhe, *the firmament sheweth forth his handiwork;* a' cur speura mo chinn troimh a chéile, *muddling* or *confus-eng the skies of my head—a brown study.* [*gen.* spéir.**]
speur, *v.a.* Blaspheme, swear by the heavens—*Islay & Gairloch.*
speurach, -aiche, *a.* Heavenly, celestial. 2 Ethereal. atmospheric.
speurad, -aid, see spéiread.
————ach, -aiche, *a.* see spéireadail.
speuradair, -ean, *s.m.* Star-gazer, astrologer. 2 Astronomer. 3 Meteorologist. 4 Blasphemer.
————eachd, *s.f.ind.* Star-gazing, astrology. 2 Astronomy. 3 Meteorology. 4 *Oaths. 5 Aeroscopy.
speuradh,* -aidh, *s.m.* Blasphemy, an oath by heaven—*Argyll.*
speuraibh, *dat.pl.* of speur.
speuraidhean, *s. pl.* of speuradh. Curses, imprecations. Used in *Gairloch*, where the occurrence of the *sing.* is rare. Thug e speuraidhean air, *he cursed and swore at him.*
speuran, *n.pl.* of speur.
speuranta, -ainte, *a.* Ethereal.
speur-bhodaich,(DU) *s.m.* Old form of buttoning usually seen in old men's garments.
speur-choimhead,* -id, *s.m.* Aeroscopy.
speur-dhealrach, -aiche, *a.* Sky-glittering.
speur-eòlach, *a.* Versed in astronomy or astrology.
speur-eòlas, -ais, *s.m.* Astronomy, astrology.
speur-ghlan, -ghlaine, *a.* Clear-skied, cloudless, serene.
speur-ghlan, *s.f.* Clear sky.
speur-ghorm, -ghuirme, *a.* Blue-skied. 2 Azure.
spiac, see speuc.
spiacach, -aiche, see speucach.
spiacair, -ean, *s.m.* see spiocair.
spiacaireachd, see spiocaireachd.
spiaclan, *Gairloch* for speuclan.
spial, see spiol.
spian, see spion.
spiantag,* -aig, -an, *s.f.* Maggot.
————ach, -aiche, *a.* Maggotty.
†spic, -e, -ean, see spéic.
†spice,(DMK) *s.f.* Pinnacle, conical peak, anything pointed—*Caithness.*
spiceach, see spéiceach.
spiceach, see spiocach.
spid, *s.m.* Spite, malice. 2 Reproach, shame. 3 Censure. 4 Contempt. 5 Speed, expedition. 6 Activity, quickness. 7 Preparation, order. 8*Tyranny. 9 Infamy. Cuir s. ort, *bestir yourself;* cuir s. air siod no seo, *prepare this or that quickly;* a' caitheadh s. orm, *using me contemptuously;* fo d' s., *under your tyranny* or *contemptuous sway;* duine gun s., *an inactive, weakly man.* [**s.f. & gen.* -e.]
spideach,** -eiche, *a.* Spiteful, malicious. 2 Shameful. 3 Reproachful. 4 Contemptible. Gu s., *spitefully.*
spideachas,** -ais, *s.m.* Spitefulness.

646. Spideag.

spideag, -eig, -an, *s. f.* Nightingale—*philomela luscinia.* 2 (AF) Robin. 3 (AF) Any delicately formed creature. 4 Any slender creature. 5 Spiteful young female. 6 Taunt, affront. 7 ††Little blow [**spideag.]
————ach, -aiche, *a.* Taunting, apt to taunt. 2 Spiteful, as a female. 3** Abounding in nightingales. 4 Like a nightingale. 5**Melodious.
spideag-Muire,(AF) *s.f.* Robin.
spideal, -eil, -an, *s.m.* Spital, hospital.
spidealach, -aich, *s.m.* Meagre, sickly creature.
spidealachd, *s.f.ind.* Contempt. 2 Reproachfulness, reproach. 3 Malicious disposition, desire of reproaching. 4 Malicious and malignant conduct. 5 Spitefulness. 6 Shamefulness.
spidean, *s.m.* Game which resembles closely the common game of "pitch and toss," the difference being that buttons are always used in place of coins. A small stick is set up as a "spid," and a line drawn at a distance of about 10 feet. At this line the players take their stand. The game is open to any number of players—in fact the more players the better the game. Each player tosses his button at the *spid*, his object being to come as near it as possible. He whose button lies nearest the *spid* gathers the other buttons in his hands, shakes them, and finally tosses them in the air. All which fall face downwards he gathers and keeps; the remainder are lifted by the player whose button lay second, and thrown by him, those falling face upwards being in turn claimed by him. This continues till the buttons have all been gained, the first man often getting a second throw if the buttons last so long. The players all take their stand again on the line, the last tosser of the former time being the first to play this time, and continue throwing till they have lost all their buttons, or are otherwise forced to desist.

Should the *spid* be hit fairly by any man except the first, all buttons, no matter how near, must be lifted and re-tossed. The advantages in being first man consist in the following. The first player may, if he choose, reclaim his toss by saying, "Cha luigh mi" (I shall not lie,) but if his toss be good enough, he says "Luighidh mi," (I will lie,) thus compelling all who follow to "lie," no matter how poor their attempt may be. If, however, the

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

first player says "Cha luigh mi," those following can all say the same, till such time as someone remarks "Luighidh mi," after which they are all forced to "lie." Another advantage the first man has is, that though he strike the *spid* fair he can yet "lie." Still popular, this was one of the most cherished games of the young Gael of former times, and many were the severe thrashings meted out to them for its sake. A boy departed to school with perhaps 30 buttons on a string and returned home with none, yea, without one on his clothes, which were held in place by pieces of wood or string—*Uist Games in Celtic Review, Vol. IV.* [Called an "Uist" game in above, but it is in reality as much an English as an Uist one.]

spideig, *gen. sing.* of spideag.

spideil, -e, *a.* Reproaching, reproachful. 2 Contemptuous. 3 Censuring. 4 Clever, hasteful, business-like, making speed, making progress, quick. 5‡‡Healthy. 6 Spiteful. 7 Infamous. 8 Despicable. 9 Shameful.

spideileachd, see spidealachd.

spidich, *v.a. & n.* Speed, cause to make speed.

spid-shuileach, -eiche, *a.* Purblind.

spig,** *v.a.* Mock, scoff.

spigeil,** *a.* Mocking, scoffing.

spile,** see spalla.

spilgein, see spiligean.

spiligean, -ein, -an, *s.m.* Small grain, as of corn. 2 Thin, light grain—*W. of Ross-shire.* 3 Seedling. 4 *in derision,* Dwarfish person. 5 Single grain of oats, barley, &c. S mullaich, *the top pickle on an ear of corn;* s. arbhair, *a grain of corn.*

———ach, -aiche, *a.* Abounding in small grains, or 2 in seedlings. 3 Like a seedling. 4 Dwarfish.

spille,** *s.f.* Measure of yarn.

†spin, *s.* Thorn.

†spineil,** *a.* Thorny.

spinn, -e, -tean, *s.f.* Measure of yarn.

spinnle, see spinn.

spìoc, -a, *s. f.* Dastardliness, cowardice. 2 Meanness, insignificancy. 3 Niggardliness.

spìocach, -aiche, *a.* Dastardly, mean-spirited, cowardly. 2 Mean, insignificant. 3 Niggardly, miserly, avaricious

spìocadh, -aidh, *s.m.* see spioc.

spìocaiche, *s.f* Niggardliness, stinginess, parsimony 2 see spioc.

spìocaicheachd,** *s.f.* Avarice.

spiocaid, -e, -ean, *s.f* Spigot, tap 2(MS)Rowel.

spiocair, -ean, *s.m.* Dastardly, mean-spirited fellow 2 Niggard, churl. 3 Insignificant fellow, dwarf, ninny.

———eachd, *s.f ind.* Dastardliness, pusillanimity. 2 Meanness, insignificance. 3 Niggardliness, parsimony, churlishness, shabbiness

spiochag,** -aig, *s.f.* Purse, bag.

———ach, *a.* Like a purse. 2 Of a purse.

spiochan, -ain, *s m.* Wheezing in the throat. 2 **Person who has a wheezing in the throat. 3**Purse, bag (piochan)

———ach, -aiche, *s f.* Having a hoarse or wheezing voice 2 Like a purse or bag

———aich, -e, *s.f.* Continued wheezing in the throat.

spiocnard, -aird, *s.* Spikenard—*valeriana nardosiachys.*

spiod, see spid.

spiod, -a, -an, see bioda.

spiod,* *v.a.* Tug, pull tightly—*Islay*

†spiodach, -aiche, *a.* see biodach.

spiodadh,* -aidh, *s.m* Tugging, quick pull or tug. 2 Hint. A' s—, *pr.pt.* of spiod.

spiol, *s.m.* Wool from a dead sheep, pluck. A skin of this sort (marbhchann) is often washed first in the strong lye in which clothes have been steeped for the wash. It is washed in each lather as the clothes are taken out, and after rinsing, hung on a pailing to drip and nearly dry When a skin is sufficiently dry to be plucked, it is placed on the back of a chair near the fire—the warmth makes the plucking easier—with a clean creel underneath into which the tufts of wool fall as they are plucked. The cutch, or coarse wool, remains on the skin, if the fingers are deft enough The wool is then either teazed for carding, or dyed should it be needed for mixtures. This kind of wool is not generally considered so excellent as that shorn from the sheep, but serves admirably for tweeds, or for dyeing and mixing with the better quality of wool in common use—*K.W.G. in Mòd prize paper.*

spiol, *pr.pt.* a' spioladh, *v.a.* Pluck, pull, snatch. 2 Nibble, bite at. 3 Peel. 4 Unshell, as an egg. 5 Tease, carp. 6 Grasp. 7 Browse, as cattle 8* Pick in a childish way

spiolach, -aiche, *a.* Plucking, snatching, that plucks or snatches, tugging 2 Nibbling, biting at. 3 Grasping. 4 Browsing.

———adh, -aidh, see spioladh.

spiolachair, -ean, *s. m.* see spiolachan. 2 One who digs out of the earth.

———eachd, see spioladaireachd.

spiolachan, -ain, -an, *s.m.* One that nibbles or bites at anything. 2 Dwarfish person. 3** Spaddle. 4 Instrument to pluck or dig with.

spioladair, -ean, *s.m.* One that plucks, or tugs, plucker, snatcher. 2 Pair of pincers, forceps, or nippers. 3 Teaser, carper.

spioladaireachd, *s.f.ind.* Continual plucking or snatching. 2 Tugging. 3 Constant nibbling at anything.

spioladh, -aidh, *s.m.* Plucking, act of plucking or snatching. 2 Nibbling, act of nibbling or biting at anything. 3 Carping. 4 Grasping. 5 Browsing. 6 Snatch, tug, pluck. 7 Tugging, picking. A' s—, *pr.pt.* of spiol.

spiolag, -aig, -an, *s.f.* Snatch, slight bite, small crumb, as of bread 2 Little mouthful of anything. S. tombaca, *a chew of tobacco.*

———ach, -aiche, *a* Plucking or biting slightly. 2 Abounding in small crumbs.

———an, (DMK) *s. m.* Grain, as of oats, hand-shelled for eating. 2 Hand-shelling of grain and eating the kernel.

spiolaich, *v.* see spiol.

———-te, *past pt* of spiolaich.

spiol-bhòt,** *s.m.* Boot-jack.

spiolg, *pr pt.* a' spiolgadh, *v.a.* Unhusk, unshell.

———ach, -aiche, *a.* Shelling, that shells or unhusks

———adh, -aidh, *s.m.* Unhusking, act of unhusking or shelling. A' s—, *pr.pt* of spiolg. A' s. nam faochag, *shelling the winkles*

———air, -ean, *s.m.* One who unhusks or shells, husker 2 Lightly-formed person.

———aireachd, *s.f.ind* Continued unhusking or shelling 2 Slenderness or slightness of form.

spiolgan,** -ain, *s.m.* Plucking, tugging 2 Nippers.

spiolgta, *past pt* of spiolg. Unhusked, shelled.

spiolta, *past pt* of spiol. Plucked, snatched. 2 Nibbled at, slightly bitten.

spion, *pr.pt.* a' spionadh, *v.a.* Pull, pluck up, tear. 2 Snatch. 3 Drag, tear or take away by force or violence. 3 Root. 4 Peel—*Arran* 5††Eradicate. Na s. o m' ghaol mi, *do not tear me away from my love;* s. as a bhun e, *eradicate it, root it out;* s. an cnap, *peel*

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

the potato—Arran.
———ach, -aiche, *a.* Pulling, that pulls or plucks, plucking, dragging, tearing, apt to drag, pull, tug or tear.
———ach,†† -aich, -aichean, *s.f.* Plucked or emaciated creature.
†spionad, -aid, *s.m.* Sinew.
†———ach, *a.* Sinewy.
spionadair, -ean, *s.m.* One who plucks, pulls, tears, drags, or snatches away 2**Nippers.
spionadh, -aidh, *s.m.* Plucking, act of plucking or pulling. 2 Act of snatching or taking suddenly away. 3**Motion, action.¾ Pull, pluck, tear. 3(AH)Drizzle. A' s—, *pr. pt.* of spion. S. uisge, *a slight drizzle of rain*
spionadh, -aidh, *s.m.* Plucking sheep instead of clipping—*Gairloch*,(called *rooing* in *Shetland.*) 2(DMK) Plucking feathers off birds. A' s. na circe, *plucking the hen.*
———, *3rd. pers. sing. & pl. imp.* of spion. 2 *past pass.* of spion.
spionag,(DC) *s.f.* Poorly-nourished girl 2 Feckless person. 3 Poorly-grown tree, bush, &c.—*Argyll.*
spionaidh, *fut.aff a.* of spion.
spionan,** -ain, *s.m* Gooseberry-bush.
spionar, *fut.pass.* of spion.
spionn, see spionnadh.
spionna, see spionnadh.
spionnadach, -aiche, *a* Strong, vigorous.
spionnadail,(MS) *a.* Robust.
spionnadar, -aire, *a.* see spionnadach.
spionnadh, -aidh, *s.m.* Strength, might, force, pith, power.
spionnadh-iasaid, *s. m.* Loan-strength. Gheibh cobhartach s., *a helper will get loan-strength.*
spionnag,(CR) *s.f.* Bandage round the forehead as for a headache—*Suth'd.*
spionnar,** *a.* Strong, powerful, pithy.
spionndach,* -aiche, *a.* see spionnadach.
spiontachas, see spionnadh.
spionntail,(CR) *a.* Strong—*W. of Ross.*
spionta, *past pt.* of spion. Pulled, plucked. 2 Snatched, torn away. [chann.)
spiontach,* *s.f.* Skin-wool—*Perthshire.* (marbh-
———an,* -ain, *s.m.* Person like a plucked fowl. 2**Searcher.
spiontag, -aig, -an, *s.f.* Currant. 2 Gooseberry. 3 Particle in the throat that causes coughing. 4 Kind of maggot. 5 Small drop of rain or flake of snow preceding a shower.
——— —ach,** *a.* Abounding in, or pertaining to currants, &c.
spiorad, -aid, -an, *s.m.* Spirit (ghost.) 2 Spirit, mind, vigour, heart, animal spirits. 3* Spirituous liquors. S. briste, *a broken spirit* or *heart ;* an S. Naomh, *the Holy Spirit ;* droch s., *an evil spirit ;* s. beò, *a lively spirit ;* s. buidhe, *spirits of salts* (*lit.* yellow spirits.)
spioradail, -e, *a.* Spiritual. 2 Devoted to spiritual things 3 Like a spirit. 4 Lively, spirited, courageous. Gliocas s., *spiritual understanding.*
———————t, see spioradail.
spioradalachd, *s.f.ind.* Spirituality, immateriality. 2 Vigour, liveliness. 3(MS) Raciness. 4 Spiritedness.
spioradan, -ain, -an. *s.m.,dim.* of spiorad. Trifling dwarf. 2 Ghost. 3 Fairy.
spiorad-buidhe, *s.m.* Spirits of salts.
spiorad-lodain, *s.m.* Ignis-fatuus.
spiorag, see speireag.
spiorsag,** *s.f.* see speireag.
spios, -a, -an, *s.m.* see spiosradh.
———, *v.a.* Spice.
spiosach, see spiosrach.
———adh, see spiosrachadh.
spiosachan,** -ain, *s.m* Spice-box. 2 Embalmer
spiosadach,** *a.* Spicy, spiced
spiosaich, *v a.* Spice 2 Embalm.
spiosrach,* *s.m.* Spicery
spiosrach, -aiche, *a* Abounding in spice or spices spiced. 2 Spicy. 3 Aromatic, perfuming.
———.—adh, -aidh *s.m.* Seasoning, act of seasoning with spices. 2 Process of perfuming or embalming A s—, *pr.pt.* of spiosraich
———.—an, **-ain, *s.m.* Embalmer.
spiosrachd,** *s.f* Embalming 2 Perfuming. 3 Spicery, perfumery. 4 State of being embalmed or perfumed.
spiosradh, -aidh, *s.m.* Spice, spicery.
———————ach, -aiche, see spiosrach.
spiosraich, *pr pt.* a spiosrachadh *v. a.* Spice, season with spice or spices. 2 Aromatize, perfume. 3 Embalm.
———————e,** *s.m.* Embalmer. 2 Perfumer.
———————ear, *fut.pass.* of spiosraich.
———————idh, *fut. aff. a* of spiosraich.
———————te, *past pt.* of spiosraich. Aromatized. 2 Embalmed.
spiosraidh, *s.f.* Spices, spiceries.
spiothag, -aig, -an, *s.f* see spitheag.
———ach, see spitheagach.
spiothair,** *s.m.* Spy, scout.
———.—eachd,** *s.f.* Spying, frequent spying.
spire,(AC) *s.f.* Welkin. Mac na spire, *son of the welkin.*
spiric, *s* Steeple, spire. 2 Pinnacle. 3 Acme.
spiriceach,** *a.* Apeak. 2 Pertaining to, or like, a spire or steeple.
spiricean,** -ein, *s.m.* Acme. 2 Little spire or steeple.
———.—ach,** *a.* Having spires or steeples.
spiris, -e, -ean, *s.f.* Hen-roost, cock-loft. 2 Hammock. 3* Spire.
spiriseach,-eiche,*a.* Having roosts or hammocks. 2 Like a roost or hammock. 3**Conical.
spirlinn,** *s.* Fall. 2 Chance.
spirseag,** -an, *s.f.* Sparrow-hawk.
———ach,** *a.* Like a sparrow-hawk. 2 Abounding in sparrow-hawks.
spisneachail, *s.f.* Aromatization.
spisnich, see spiosraich.
spisniche,(AC)*s.m.* Prop, pillar, column,support.
spisreadh, -idh, -idhean, *s.m.* see spiosradh.
spiteal, -il, *s.f.* Spittal.
spitheag, -eig, -an, *s. f.* Small bit of wood. 2 Small stone to throw with the hand, pebble. 3 Bite, nip, pinch. 4**Flake
———ach, -aiche, *a.* Full of small pieces of wood. 2 Full of small stones or pebbles, pebbled. 3 That nips or pinches.
spitheagaich, *v.a.* Bite, pinch.
———.———, *s.f.* Pinching, nipping.
spithear,** *s.m* Emissary, scout.
spiul, see spiol.
spiulgan, -ain, *s.m.* see spiolgan.
spiuthair,(MS) *s.m,* Filcher, robber, depredator.
spiuthaireachd, *s.f* Depredation.
splad, -aid, *s m* Squash. 2 Fall, tumble, falling flatly on the ground. 3**Noise, as of a door shutting. 4 Bang
splad,** *v.a.* & *n.* Fall. 2 Bang. 3 Slam, shut as a door with violence.
splaid, *s m.* Thud. Thuit e le s. air an ùrlar, *he fell with a thud on the floor*—as when a child falls flat in running, or a door is suddenly shut by the wind, &c. [McL & D gives *souse* in Eng.-Gael. part.]
splaid,* *v.* see splad.
splaidse, *s.f.* Squelch, squash.
———ach, *a.* Squashing.
———adh, *s.m.* Squash.
splaidseil,(DU) *s.f.* Falling with a thud. 2 Bang.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

ing, as a door with the draught.
†splang,* *s.f.* Sparkle, flash, blaze.
†—— –,* *v.n.* Sparkle, flash.
splang,(DC) *s.m.* Share, lot, as of fish, &c. 2 (DMy) The belly from the ribs to the thighs of a person or animal. The region of the fat on the *maodal* of sheep or cattle.
——ach,** *s.m.* Nill. 2**Ashes of a smithy.
——adh,** -aidh, *s.m.* Sparkling, blazing, flashing
splangaid, -ean, *s.m.* Snot, mucus, phlegm.
——————each, -eiche, *a.* Snotty, mucous, phlegmatic.
——————eachd, *s.f ind.* Snottiness, phlegminess.
spleacan,(AC) see sleabhag.
splèachd, *pr.pt* a' spleachdadh, see spleuchd.
spleachdair, see spleuchdair.
spleadh,* *v.* Fall with a crash.
spleadh, -a, -an, *s.m.* Romance, fiction, tale. 2 Ostentation, boasting, vain-glory, hyperbole 3 Falsehoods told with a view to flatter. 4** Flattery. 5 Dependance. 6 Exploits. 7 Splay-foot 8* Enormous splay-foot. Cum a staigh do spleadhan, *keep in your ugly feet*, or *toes*.
——————ach, -aiche, *a.* Fabulous, fictitious, romantic. 2 Given to fiction. 3 Ostentatious, boasting, gasconading. 4 Flattering by falsehoods, dependence, hyperbole. 5††Splay-footed. 6*Having enormous feet, having ugly feet.
——————achas, -ais, *s.m.* see spleadhaireachd.
——————adair, -ean, *s.m.* Teller of tales or romances. 2 One fond of the marvellous. 3 Boaster, vain-glorious person. 4 One who flatters by telling falsehoods.
——————adh,* *s.m.* Fall, crash, falling.
spleadhaich,(MS) *v.n.* Amplify.
spleadhair, -ean, *s.m.* see spleadhadair. 2 (AF) Bully, despotic man.
spleadhaireachd, *s.f.ind.* Romance, fictitiousness. 2 Disposition to deal in fictions or romances. 3 Disposition to flatter by retailing falsehoods. 4 Amplification. 5**Errantry. 6 *Wonder, surprising nature or quality of anything.
spleadhan, -ain, -an, *s.m.* Wooden paddle, used in digging for shell-fish and sand-eels.
spleadhas, see spleadhaireachd.
spleadhnach,** *a.* Gorgeous.
spleadhnas,†† -ais, *s.m.* Fiction.
spleadhnasach,†† *a.* Fictitious.
spleadhrach,* -aiche, *a.* Romantic. 2 Incredible. 3 Enormous. 4 Gasconading, romancing.
spleadhraich, *s.f.* see spleadhaireachd.
splèamas,†† -ais, *s.m.* Affected surprise, vulgar show.
spleangaid,** *s.f.* Snot, mucus, phlegm.
——————ach,** *a.* Snotty, phlegmy.
spleicean, *s.m.* see sleabhag.
spleoid,** *s.m.* Satan.
spleuchd, *v.a.* & *n.* Stare, gaze. 2 Squint. 3 Spread out by trampling 4†† Plaster awkwardly. 5*Flatten awkwardly 6*Open one's mouth and eyes and stare like a fool.
spleuchd, -a, -an, *s.m.* Squintness of the eyes, squint. 2 Gaze, stare. 'S ann ort a tha 'n s., *how you do stare!*
spleuchdach, -aiche, *a.* Squinting, having squint eyes. 2 Staring, gazing, apt to stare or gaze 3 That spreads out by trampling 4 Spread out by trampling. 5* Flat, ugly as stamped cloth or print. (*spleucach.)
spleuchdadh, -aidh, *s.m.* Squinting, act of squinting. 2 Staring, act of staring 3 Gaze, stare. 4 Act of spreading out by trampling. A' s—, *pr.pt.* of spleuchd
spleuchdag, -aig, -an, *s.f.* Squint-eyed female.
spleucdaid,* *s.f.* Foolish starer. (*spleucaid)
spleuchdair, -ean, *s.m.* Squint-eyed person, one who squints. 2 Starer, gazer. 3**Eye-glass. (*spleucair)
——————eachd, *s.f.ind.* Staring, continued staring or gazing, 2 Squinting, habit of squinting. 3 Spreading out of anything by trampling. 4††Plastering awkwardly.
——————ean, *n.pl.* of spleuchdair.
spleuchdan, -ain, -an, *s.m.* Pair of spectacles, *prov.* 2 Tobacco pouch—*Arran.*
spleuchdlan, see spleuchdan.
spliachd, see spleuchd.
spliomach,** -aich, *s.m.* Ill-thriven animal.
spliongag,(AH), *s.f* Sharp sound produced by drawing the bulb of the middle finger quickly and firmly across the bulb of the thumb.
spliot,** *v.a.* Dash or throw carelessly aside.
spliùc,* *s.f.* Fluke of an anchor.
spliucan, see spliùchan.
——————ach, see spliùchanach.
spliùchan, -ain, -an, *s.m.* Tobacco pouch. 2** Leather purse. 3**Bladder. (also spliuchan in *Gairloch*—DU.]
spliùchanach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, tobacco-pouches. 2 Like a tobacco-pouch.
spliùdrach,** -aich, *s.m.* Bad beer, swipes.
spliug, -a, -an, *s.m.* Snot. 2 Icicle. 3 Anything hanging down. S. a' choilich Fhrangaich, *the turkey cock's proboscis.*
spliug,†† -ùig, -an, *s.f.* Discontented look, hanging lip. 2**Wry mouth such as is occasioned by crying. 3* Blubber-lipped person's mouth.
spliùgach, -aiche, *a.* Splay-footed.
spliugach, -aiche, *a.* Snotty. 2 Snivelling. 3 Drivelling, stupid. 4†† Discontented. 5†† Having a hanging lip.
spliugaid,* *s.f.* Blubbering female.
spliùgair, -ean, *s.m.* Splay-footed person.
spliugair, -ean, *s.m.* Snotty person. 2 Sniveller. 3 Driveller, idiot. 4††Blubbering fellow. 5†† Slovenly fellow.
spliùgan, -ain, *s.m.* Splay-footed person.
spliùig, -e, -ean, *s.f.* Discontented and disagreeable countenance.
spliùigeach, -eiche, *a.* Discontented, having a discontented and disagreeable look.
spliùigear, -ir, -an, *s.m.* One who has a discontented and disagreeable look. 2††Slovenly fellow.
spliut, -a, -an, *s.m.* Lame hand or foot. 2* Splay-foot [pliut, *a cat's paw.*]
spliut, *v.a* Slop, splash. 2 Flounce. 3 Circumfuse. 4 Dash. 5††Gush out. 6* Gash.
spliutach, -aiche, *a.* Lame of a hand or foot. 2 ‡‡Gushing out suddenly, as any liquid, owing to the vessel containing it being broken.
spliutadh, -aidh, *s.m.* Gushing, act of gushing out suddenly, as liquor from a broken vessel. A' s—, *pr.pt.* of spliut.
spliutaiche, *s.f.* Lameness of one hand. 2 Any liquor that has been spilt by the breaking of the vessel containing it 3 Bad or stale beer.
spliutaire,* *s.m.* Splay-footed man 2 Splay-footed female.
spliutradh, -aidh, *s. m.* Mean and parasitical flattery. 2 Going from house to house for parasitical ends.
spòc, -a, -an, *s.m.* Spoke of a wheel.
spocach, -aiche, *a.* Having spokes.
spoch, *v.a.* Address one angrily and quickly. 2 Intimidate by speaking hastily or angrily. 3 Provoke. 4 Affront. 5 Rob, spoil, despoil. 6 *Attack angrily.
spoch,(DC) *s.m.* Bite, blow, and especially the marks resulting—*Lochaber, Kintail*, &c. 'S

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

gun diol gach righ 'bheir spoch aisde, (a bhoineid), *and every king who clips it will regret (his act.)*—*Filidh, p. 33.* 2*Sudden attack or assault, as of a cat.

spochadh, -aidh, *s.m.* Act of addressing one hurriedly or angrily. 2 Provoking, act of provoking, provocation. 3 Depredation. A' s—, *pr. pt.* of spoch.

spochanach,* *a.* Fond of picking quarrels.

————d,* *s.f.* Picking quarrels, as a feeble-natured person.

spoth, see spoth.

spodha, see spothadh.

spodhadair, see spothadair.

spodhadaireachd, see spothadaireachd.

spodhadh, see spothadh.

spog, -òig, -an, *s.f.* Claw, talon, paw. 2 *in ridicule*, the foot or hand. 3 Fluke of an anchor. 4**Spoke of a wheel. 5 Tram or shaft of a cart or barrow. 6**Clumsy leg. 7* Flat foot.

spog, *pr.pt.* a' spògadh, *v.a.* Seize upon with the claw or talon.

spogach, -aiche, *a.* Clawed, pawed, armed with talons. 2**Clumsy-footed. (spàgach.)

spògadh, -aidh, *s.m.* Act of seizing upon with the paws or talons. A' s—, *pr.pt.* of spòg.

spòg an uaireadair,(DMK) *s.f.* Hand of a time-piece—*W. coast of Ross.* S. nan uairean, *the hour-hand*; s. nan mionaidean, *the minute-hand.*

spòg bheag,(DU) *s.f.* Hour-hand of a time-piece.

spòg mhór,(DU) *s.f.* Minute-hand of a time-piece.

spòg-na-cubhaig,‖ *s.f.* Heart's ease, pansy, see bròg-na-cubhaig.

spòg-shnàmha, *s.f.* Web-foot.

spoid,** *s.f.* Hasty word.

spoidear,** -eir, *s.m.* Hasty person.

spòilinn,** *s.f.* Small joint of meat.

spoineadh,** *s.m.* Bite.

spoingeach,** see spongach.

spoinnich,* *v.* Bristle against.

spòirneach, see spàirneach.

spoithte, *a.* & *past pt.* of spoth, see spothta.

spòl, -òil, *s.m.* see spathalt.

spòld,** *s.m.* Piece of a joint of meat. S. laoigh, *a joint of veal.*

spòlda, see spathalt.

spòldaich,** *s.pl.* Slain bodies, carcases.

spoll,* -a, *s.f.* Quarter, leg or joint, as of a sheep or fowl.

spoll, *v.* see spolt. [*veal.*

spolla, *s.m.* spathalt. Spòlla laoigh, *a joint of*

spollachdach, -aiche, *a.* Sottish, sluggish. 2 Stupid.

spollachdair, -ean, *s. m.* Stupid person, block head.

spolladach,* *a.* see spollachdach.

spollaidh, *s.f.* Shape of the head. Dh' aithnich mi thu air do s., *I knew you by the shape of your head.*

spollan,(DC) *s.m.* Senseless blockhead, sumph.

spòlt, *pr. pt.* a' spòltadh, *v. a.* Tear, mangle, 2 Quarter. 3 Hew down, slaughter, as in battle. 4** Abuse.

spolt, *v a.* Sprinkle, bespatter. 2 Splash, sprinkling.

spòlt, *s m.* Piece or joint of meat.

spolta, see spòlt.

spoltach, -aiche, *a.* That hacks or hews down in battle. 2**Tearing, mangling. 3 Apt to tear, mangle or devour. 4 Abusing. 5 Devouring.

spoltach, -aiche, *a.* Sprinkling.

spòltadh, -aidh, *s.m.* Hacking, hewing down, slaying, slashing, massacring 2 Mangling, tearing. 3 Abusing. A' s—, *pr.pt.* of spòlt.

spoltadh,(CB) -aidh, *s.m.* Scattering drops of water &c. from a vessel, sprinkling—*Perthshire.* 2 Bespattering.

spoltair, *s.m* see spultair.

spòltaidh, *fut. aff. a.* of spòlt.

spoltan,(CR) *s.pl.* Drops of water, &c. scattered from a vessel—*Perthshire.*

spòn, see spàin.

spònag,** -aig, *s.f.* Spoon, little spoon.

spong, -uing, -an, *s. m.* Sponge. 2 Tinder, pith, touchwood. 3 *in contempt*, Niggard. 4 (DMK) Excrescence that grows on the roots of birch-trees—*W. coast of Ross.* 5*Meanness.

spongach, -aiche, *a.* Spongy. 2 Niggardly, parsimonious 3 Fungous.

spongail, -e, *a.* see spongach.

spongair, -ean, *s.m.* Niggard, churl, moucher.

spongaireachd, *s.f.ind.* Niggardliness, churlishness, mean disposition.

spongairean, *n pl.* of spongair.

spongalach,** *a.* Parsimonious, niggardly, churlish.

spongalachd, see spongaireachd.

spor, -uir, *pl.* -an & -uirean, *s. m* Riding-spur. 2 Claw, talon. 3**Dew-claw. 4 Gun-flint. 5 Incitement. 6‡ Flint. 7(DU) Piece of quartz or quartzite used in lieu of flint for making a light—*Gairloch.* 8‡ Tinder. 9** Spur of a cock. 10 Goad. Spuir air a spògan, *spurs on his legs.* [* *s.f.*]

spor, *pr.pt.* a' sporadh, *v.a.* Incite, spur, push on, instigate, goad.

spor,(CR) *v. a.* Search by scratching, groping or fumbling—*Perthshire.*

sporach, -aiche, *a.* Spurred, as a horseman, having spurs. 2 Having talons or claws. 3 Having flints. 4 Like a flint. 5 That spurs or instigates. 6**Tenacious. 7**Apt to grasp, of a grasping disposition.

sporadair,** *s.m.* Spurrier, spur-maker. 2 Flint-cutter.

————eachd,** *s.f.* Spur-making. 2 Flint-cutting. 3 Greediness.

sporadh, *3rd. pers. sing. imp.* of spor. S. e, *let him spur.*

sporadh -aidh, *s.m.* Inciting, act of inciting. spurring on, instigating, goading. 2 Search, grope, fumble. A' s—, *pr. pt.* of spor.

sporag,¶ *s.f.* House-sparrow, see gealbhonn. 2 Hedge-sparrow, see gealbhonn-nam-preas.

sporaidh, *fut.aff.a.* of spor.

sporail, see sporthail.

sporalaich, see sporthalaich.

sporan, *n.pl.* of spor.

sporan, -ain, -an, *s.m.* Purse. 2 Dewlap. The sporan molach of the Gael is a purse made of badger-skin, goat-skin, &c It is fastened by a leathern belt round the waist and hangs down in front, often having tassels dangling from it.

sporan,§ (an), *s.m.* Shepherd's purse (plant), see lus-na-fola.

sporanach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, purses. 2 Like a purse.

sporan cas feannaig, see sporan feannaig.

sporan feannaig,(DC) *s. m.* Mermaid's purse—egg of the skate or dogfish. It is enclosed in a tough, square-shaped sac, which, on development, the ovum can open from the inside. The sac has stringers for attaching itself to seaware, stones, &c.

spor-an-teintein, see losg-bra-teine.

sporas,(DU) *s.m.* see sporag.

spordhail, see sporthail.

sporg,* *v.* Ruzzle, struggle without effect.

sporgail,* *s.f.* Ruzzling noise, struggling without effect, ruzzle. A' s—, *pr.pt.* of spor.

sporraich,* *v.n.* Bristle. S. e rium, *he bristled up to me.*

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

spòrs, -a, *s.f.* [*m.* in *Badenoch.*] Sport, play, diversion, fun. 2 Derision, mockery, scorn. 3 Pride. Gheibh sinn s., *we shall get some fun*; 's i an s. a thug ort sin a dheanamh, *sheer pride made you do that*; luchd na s., *scorners*.

spòrsach,** -aiche, *a.* Sporting, fond of sport. 2 Playful, funny. 3 Causing sport or diversion. 4 Prone to deride or scorn.

spòrsail, -e, *a.* Sportful, jocose, merry. 2 Scornful, proud, disdainful, haughty. 3 Foppish, beauish, gallant. 4**Jeering, deriding. 5** Funny.

————eachd, see spòrsalachd.

spòrsair,(MS) *s.m.* Amuser

spòrsalachd, *s.f.ind.* Sportiveness, playfulness. 2 Fastidiousness. 3 Pride, foppery. 4 Sportfulness. 5**Habit of jeering or deriding. 6** Conceitedness, haughtiness, disda nfulness. 7 (MS) Air. Fear s., *a fop.*

sporthail, *s.f.* Noise of scratching on boards. 2 (AH) Subdued rattling noise, such as is made by a stone wall about to fall, rats, mice, &c. in a hole, box, &c.

sporthail,(CR) *v.n.* Make a rustling noise in searching for anything.—*W. of Ross-shire.*

sporthalaich, *s.f.* Rustling. Crubagan a' s. 'nam faiche, *crabs making a clawing* or *rustling noise in their burrows.* A' s—, *pr. pt.* of sporthail.

spot,** *v. a.* Spot.

spot, -oit, -an, *s.m.* [*f.* in *Badenoch.*] Spot,stain. blemish. 2 Plot of ground. Air an s., *immediately.*

spotach, -aiche, a. Spotted, speckled. 2 Stained.

spotag, *s.f.dim.* of spot. Little speckle,blemish.

sporagach, -aiche, *a.* Spotted, blemished.

spotaich,** *v.a.* Spot, speckle, blemish.

spotaichear, *fut.pass.* of spotaich.

spotaichte, *past pt.* of spotaich.

spoth, *pr.pt.* a' spoth & a' spothadh, *v. a.* Geld, castrate, spay. 2* Prepare straw for thatch. S. an t-sil, *separate the grain from the straw and beard after the threshing is over*—DMy.

spoth, *s.m.* see spothadh.

spothadair, -ean, *s.m.* Gelder.

spothadaireachd, *s.f.ind.* Operation or business of gelding or castrating.

spothadh, -aidh, *s.m.* Gelding, castrating, spaying. 2 Castration. A' s—, *pr.pt.* of spoth.

spothaidh, *fut.aff.a.* of spoth.

spothar, *fut.pass.* of spoth.

spothta, *past pt.* Gelded, castrated. 2*Prepared for thatch, as straw. 3* Very bare, as a measure.

†sprac,** -a, *s.m.* Spark. 2 Life. 3 Motion.

spracach,** *a.* Strong, vigorous.

spracadh, -aidh, *s.m.*Strength, vigour, exertion, sprightliness, boldness, courage.

spracail, -e, *a.* Strong, active, powerful. 2 Commanding

spracalachd, *s.f.ind.* Strength, activity,exertion.

spraic, -e, -ean, *s.f.* Reprimand, severe or harsh reproof. 2 Frown. 3 Imperious mandate. 4 Vigour. 5 Exertion, effort. 6**Sprightliness. 7* Augury. 8 Authoritative tone of voice and attitude. 9* Cleverness.

spraiceach, -eiche, *a.* see spraiceil.

spraicealachd, *s.f.ind.* Habit of reproving with harshness or severity. 2 Habit of frowning or threatening by looks. 3 Imperiousness in ordering. 4 Habit of perseverance. 5††Severe censoriousness. 6**Arbitrariness. 7**Vigorousness. 8**Much exertion,frequent exertion. 9**Frequent scolding.

spraiceil, -e, *a.* Reprimanding severely or harshly, scolding. 2 Inclined to reprove severely or harshly. 3 Frowning. 4 Imperious, uplifted, proud. 5 Harsh, severe. 6 Vigorous, strong, powerful, lively, active, energetic. 7 Persevering. 8**Passionate. 9 **Sprightly. 10 Arbitrary. 11 Authoritative, commanding.

spraid,** *s.f.* Blast, puff. 2 Report of a gun.

spraidh, -ean, *s. m.* Loud blast. 2 Shot, report of a gun. 3 Any loud and sudden sound. 4 **Crack. 5**Jerk. 9 Explosion.

spraidheach, -eiche, *a.* see spraidheil.

spraidheil, -e, *a.* Loud, as a blast. 2 Squally. 3 Causing any loud or sudden sound. 3 Sounding, as the report of a gun. 4 Blustering.

spraigh, *v.n.* see spreadh.

spraigheadh,* -eidh, *s. m.* & *pr. pt.* of spraigh, see spreadhadh.

spreadh, *pr.pt.* a' spreadhadh, *v. a.* & *n.* Burst. 2 Emit a loud sound in bursting. 2 Kill, despatch, finish. 4 Scatter, dismiss, disband. 5 ††Explode. 6(DMy) Spray.

spreadh,** *s.m.* Crack. 2 Stirring up, provocation. 3 Rude onset, sudden onset, as of two fowls fighting, sudden shock. 4 (DMy) Spraying. 5(DU) Explosion.

spreadh,(DC) -an, *s.m.* Sherds, fragments.

spreadhadair,* -ean, *s.m.* Cartridge.

spreadhadh, -aidh, *s.m.* Bursting, act of bursting. 2 Act of emitting a sound in bursting. 3 Killing, act of killing, finishing or despatching one. 4 Sudden and hard blow. 5 Loud, sudden sound, noise. 6 Scattering, dismissing, disbanding. 7 Activity. 8††Life. A' s—, *pr. pt.* of spreadh.

spreadhan, -ain, *s.m.* Potsherd.

spreadhan, *s.m.* Pot for melting cod-liver. or for roasting or frying, frying-pan. 2(DMK)Vessel to hold oil for anointing wool—*Lochbroom.* 3 see spreighean.

spreadhta, *past pt.* of spreadh. Burst suddenly. 2 Scattered, disbanded.

spreag, see spreig.

spreagach, -aiche, see spreigeil.

spreagachadh, -aidh,*s.m.*& *pr.pt.* of spreagaich, see spreigeadh.

spreagadh, -aidh, *s.m.* & *pr.pt.* see spreigeadh.

spreagaich, for spreigich, see spreig.

spreagail,** *a.* Bold, active, smart.

spreagair, -ean, *s. m.* Reprover. 2 Inciter, provoker.

spreagaireachd, see spreigealachd.

spreagan‡‡ -ain, -an, see spreangan.

spreamb,** *v.a.*Tighten one's clothes about one, confine oneself with tight clothes.

spreambach,** *a.* Drawing one's clothes tightly about one.

spreangan, -ain, -an, *s.m.* Cloven stick used to close the wound when cattle are bled.

spréid,(AF) *s.f.* Flock of sheep.

spréid, *v.* Gaelic spelling of *spread.*—*Perthshire.*

spréideach, *a.* Spreading, apt to spread or diffuse.

spréidh, -e, *s.f.coll.* Cattle of any kind. 2 (AF) Sheep. 3 Live-stock. 4 (AF) Marriage portion of cattle.

spreidh, see spreadh.

spréidh,(AF) *s.f.* Shoal of fish.

spréidheach, -eiche, *a.* Abounding in cattle. 2 Having many cattle.

spréidte, *past pt.* of spréid. Spread out.

spreig, *pr.pt.* a' spreigeadh, *v.a.* Blame, chide, reprove, scold, accuse. 2 Prompt, incite, stir up, instigate. 3 Enforce, press. 4 Divulge anything you are enjoined to keep secret. 5 (MS) Pronounce. 6 Govern, in *grammar.* 7 ††Enforce with words.

spreige,** *s.f.* Disparagement. 2‡‡Reproof,scold, accusation. 3(DU) *pl.* spreigeachan, Sparable

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

for a boot.
spreigeach, -eiche, *a.* Inclined to scold, blame or accuse. 2 Enforcing. 3 Expressive. 4 Forcible. 5 Active, in *grammar*.
spreigeadh, -idh, -ean, *s. m.* Blaming, accusation, act of blaming, reproving, chiding or scolding. 2 Inciting, act of inciting, prompting, instigating or stirring up. 3 Enforcing, pressing, act of enforcing. 4 Reproof, scold. 5*Pith, energy. 6* Divulging a secret. A' s—, *pr.pt.* of spreig. Mòine gun s., *pithless peats*.
spreigealachd, *s.f.ind.* Habit of reproving, reprimanding, chiding or scolding. 2 Tendency or readiness to reprove, reprimand, chide or scold. 3 Proud language, insolence of speech 4 Boldness, audacity, undauntedness. 5 Activity. 6 Authoritativeness, imperiousness. 7 Provoking, provocation.
spreigeanta, -einte, *a.* see spreigeil.
————chd, see spreigealachd.
spreigear, *fut. pass.* of spreig.
spreigearra,** *a.* Scolding. 2 Smart in speech, expressive, forcible. Beurla s., *expressive English ; expressive language*.
spreigearrachd, *s.f.* Scolding 2 Smartness of language, expressiveness of speech.
spreigeil, -e, *a.* Reproving, censuring, blaming. 2 Prone to reprove, censure or blame. 3 Scolding, prone to scold. 4 Authoritative, imperious. 5 Bold, undaunted. 6 Active, lively, smart, energetic. 7 Vehement.
spreigeileachd, see spreigealachd.
spreigh, *v.* see spreadh.
spréigh, *s.f.* see spréidh.
spréigh, *s.* Velocity. 2 Gallant movement. 3 Gliding. *Sàr-Obair*.
spreigheadh, -idh, *s.m. & pr. pt.* of spreigh, see spreadhadh.
spreighean,(DMK) *s.m.* see spreadhan.
spreighich, -e, *s.f.* see spreadhadh.
spreighte, *past pt.* of spreigh, see spreadhta.
spreigich,** *v.a.* Reprove. 2 Provoke.
spreigich, *v.a.* see spreig.
spreigichidh, *fut.aff.a.* of spreigich.
spreigidh, *gen.sing.* of spreigeadh. Cha bu tu fhéin crioch t' aobhar spreigidh air sluagh ach teicheadh gu 'n tearamunn, *you were not yourself the aim of your inciting of the people, but they to flee to their protector—Dàin Iain Ghobha*.
spreigidh, *fut.aff.a* of spreig.
spreill, -e, -ean, *s.f.* Blubber-lip. 2 The tongue hanging out in contempt, or from discontent.
spreilleach, -eiche, *a.* Blubber-lipped.
spreilleachd,**s.f.The deformity of blubber-lips.
spreilleag,** -eig, *s.f.* Blubber-lipped female.
spreillear, -eir, *pl.* -a & -an, *s.m.* Blubber-lipped fellow.
spreilleasachadh,(MS) *s.m.* Distortion.
spreòcainn. *s.m.* Sick person, valetudinarian. 2 Any fragile or tender thing—*Skye*.
spreochainn,(MS) *s.f.* Strength.
spreòchan, -ain, *s. f.* Weakness, pithlessness, langour. 2 Weakling, weakly, decayed or decrepit person, infirm old person (most frequently applied to a female.) 3††Weak exertions. 4* Person or thing hardly hanging together. [*spreochainn.] S. truagh cailliich, *an infirm old woman*.
spreòchanach, -aiche, *a.* Languid, decayed, decrepit from age, infirm, weak. 2** Imbecile. Gu s., *feebly*.
spreòchanachd, *s.f.* Weakness, infirmity, debility. 2**Imbecility. 3††Weak efforts.
spreòchanta, -ainte, *a.* see spreòchanach. 2** Piping.
spreòchantachd, see spreòchanachd.
spreòchdainn, *s.m.* see spreòcainn.
spreòd, *pr.pt.* a' spreòdadh, *v.a* Incite, set on, excite, provoke, goad on. 2 Abuse by words. 3 Enforce.
spreòd, -eòid, -an, *s.m.* Projecting beam. 2†† Bowsprit. Crann spreòid, *the bowprit of a ship*. (also spreod.)
spreod,(CR) *v.a.* Spread (peats to dry, &c.)—*Arran*.
spreòdach,†† *a.* Exciting.
spreòdadh, -aidh, *s.m.* Exciting, act of exciting or inciting. 2 Provoking, act of provoking. 3 Abusing, act of abusing by words. 4 Cavilling. 5 Censuring. A' s—, *pr.pt.* of spreòd.
spreòdaich,(MS) *v.a.* Animate. 2 Tempt.
spreòid,** *v.a.* Cavil, censure.
spreòid, see spreòd & spreòit.
spreoit,** *s.m.* Useless thing. 2 Idler, drone. 3 Fragment. 4 see spreòd.
spreòtadh, see spreòdadh.
sprineag,** -eig, -an, *s.f.* Pebble.
sprineagach, *a.* Pebbly
spriollag,(MS) *s f.* Boutefeu, incendiary. 2 Quarreler. 3 Baffler. 4 Wag.
spriollagach, *a.* Waggish.
spriong,** *v.a.* Wrinkle, corrugate.
spriong,** *s.m.* Wrinkle, corrugation.
spriongach,** *a.* Wrinkling, corrugating.
spriongadh,** *s.m.* Corrugation, wrinkling.
sprios,** -a, *s.m.* Twig, wicker. 2 Bramble.
spriosach,** *a.* Abounding in, of, or pertaining to, twigs or wicker.
spriosan,** -ain, *s.m.* Small twig or wicker. 2 Bramble. 3 Poor, diminutive creature. 4 *n. pl.* of sprios.
spriosanach,** *a.* Like a twig. 2 Diminutive. 3 Slender.
spriuchar,** -air, *s.m.* Sting.
spriudhan,(DC) -ain, *s. m.* Thin, undeveloped arms, legs, &c. 2 Stunted bushes, &c.
spriumhachan,** *s.m.* Budget.
spriunan,§ -ain, *s.m.* Red or white currant, see raosar dearg & raosar geal.
spriunanach,** -aiche, *a.* Abounding in, of, or like, currants.
spriùtan,** -ain, *s.m.* Finger-end. 2 *in ridicule*, Finger, hard finger.
spriùtanach,** *a.* Hard-fingered.
sproch,** -a, *s.m.* Robbery.
sprochadh,** -aidh, *s.m.* Robbing.
sprochaill, see sprogaill.
sprochailleach, see sprogailleach.
sprochair, -ean, *s.m.* Robber.
————eachd,** *s.f.* Robbery. 2 Commission of robbery.
sprochd, *s.m.* Sadness, dejection, lowness of spirits, melancholy. 2 Bitterness. 3 Lament. Tog s. an laoich, *raise the hero's lament ;* a chuir m' anam fo s., *that brought sadness on my soul*.
sprochdach, -aiche, *a.* see sprochdail.
sprochdail, -e, *a.* Sad, dejected, in low spirits. 2 Causing sorrow or dejection. 3 Melancholy, mournful.
sprochdaileachd, see sprochdalachd.
sprochdalachd, *s.f.* Dejection of spirits or mind, mournfulness.
sprodh,** -a, -an, *s.m.* Sprat.
sprodhach, *a.* Abounding in, or of sprats. 2 Like a sprat.
sprodhan,** -ain, *s.m.* Young sprat.
spròg(CR) *s.*Sturdy, a disease of sheep—*Arran*.
spròg,* *s.* Dewlap.
sprogail, *Suth'd* for brogail.
sprogaill, -e, -ean, *s.f.* Crop of a bird. 2 Dewlap of cattle. 3 Double chin. 4**Cock's comb or

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

crest. [In *N. Argyll* dewlap and double chin are sprogan—AH.]
sprogailleach, -eiche, *a.* Having a large crop, dewlap or double chin. 2 Like a crop or dewlap. 3 Hanging down, as a dewlap or bird's crop.
sprogan, -ain, -an, *s.f.* see sgròban & sprogaill. 2(DC) Small tuft of hair under the chin of a deer, extended in use to a goat and a ram. Greim air s. a' Bhlair, *hold of Blair's whisker—Fionn an Taigh a' Bhlair bhuidhe*
sproganach, -aiche, *a.* see sgrobanach.
spronnag,** *s.f.* see spronnan.
spronnan,‡ -ain, *s. m.* Crumb. 2 *pl.* Crumbs, fragments. 3 Refuse.
spronnanach, -aiche, *a.* Abounding in small crumbs or fragments.
sproth, see sprodh.
spruacach,** *a.* Pettish.
spruacanach,** *a.* Pettish.
spruacanachd,** *s.f.* Pettishness.
spruan, -ain, -an, *s.m.* Brushwood, firewood. 2 *Shortbread. 3††Crumbs.
spruanach, -aiche, *a.* Abounding in brushwood or firewood.
spruanach, -aich, *s. m.* Quantity of brushwood.
spruchag,(CR) *s.f.* Hoard, savings—*S. end of Arran.*
sprùdan,‡ *s.pl.* Fingers, sprouts.
sprudhan,* *s.m.* see spruileach.
sprùidhean, -ein, -an,** *s.m.* Claw, paw, clutch. 2 *in derision,* The fingers.
sprùidheanach, *a.* Clawed, pawed, having hard fingers.
sprùidheanachd, *s.f.* Pawing or fingering clumsily.
spruidhleach, see spruileach.
spruileach, -eiche, *s. m.* Fragments, crumbs, refuse. offals.
spruileach, *v.a.* Distinguish.
spruille,** *s.f.* Crumbs, fragments, dross, refuse.
spruilleag, -eig, -an, *s.m.* Small crumb, fragment, offal.
spruilleagach, -aiche, *a.* Full of small crumbs or fragments. 2(MS) Roguish.
spruis,** *s.f.* Spruce (tree.)
spruisealachd, *s. f. ind.* Neatness, spruceness, trimness.
spruiseil, -e, *a.* Spruce, neat, well-dressed. Gu s., *tidily.*
sprunnan, see spronnan.
————-ach, see spronnanach.
spruthan, see spruan.
spuac,(MS) *v.a,* Strike. 2 Swaddle. (spuaic.
spuacach,** *a.* Pettish. 2 (DU) Shy and awkward, diffident.
spuacachadh, *pr.pt.* of spuacaich.
spuacadh, -aidh, *s.m.* Breaking, act of breaking or splintering. 2 Act of thumping or knocking on the head. 3 Act of blistering or raising blisters or pustules on the skin. 4 State of becoming blistered. 5 Daubing or plastering awkwardly. A' s—, *pr.pt.* of spuaic.
spuacaich, *pr.pt.* a' spuacachadh, *v.a.* Dint.
spuaic, *pr. pt.* a' spuacadh, *v.a. & n.* Break or splinter. 2 Thump, knock on the head. 3 Blister, raise blisters or pustules on the skin. 4 Become blistered or covered with blisters or pustules. 5* Plaster awkwardly with all your might. 6 ††Smudge. 7 Bruise, maul.
spuaic, -e, -ean, *s.f.* The crown of the head. 2 Pinnacle of a tower. 3 Callosity, kind of swelling. 4 Blister, pustule. 5 Scab. 6††Speck. 7 Smudge. 8** Blue mark. 9 (CR) Mole or spot on the face—*Suth'd.* 10**Pettishness. 11 ††Wound. 12* Bruise, maul. 13* Tumour on the side of the head. S. theanga, *a disease in cattle.*
spuaiceach, -eiche, *a.* Breaking, that breaks or splinters. 2 Thumping, that thumps or knocks. 3 Blistered, having blisters or pustules. 4 Causing blisters. 5‡‡ Scabbed. 6**Bruising, mauling. 7**Pinnacled.
spuaicearra, *a.* see spuaiceach. 2**Pettish.
spuaichdeach, see spuaiceach.
spuaiche,** *s.f.* Pet, pettishness.
spuaicheach, *a.* Pettish.
spucaid,* -e, *s.f.* Wheal. 2 (DU) Pustule.
spuch, *pr pt.* a' spuchadh, *v.a.* Strike with the paw, as a cat.
spùd,** *s.m.* Balderdash.
spudan, *s.m.* Chute of a still (p. 731.)
spuidreach, -ich,** *s.m.* Slip-slop.
spuidsear, *s.m.* Baling-dish for a boat. 2 Bucket with a wooden handle to lift water from the sea—*Arran.* 3(AH) Watering-can.
spùill, -e, -ean, *s.f.* see spùinn.
spùill, *pr.pt.* a' spùilleadh, see spùinn.
spuille, see spùinn.
spùilleach, see spùinneach.
spùilleadair, see spùinneadair.
spùilleadaireachd, see spùinneadaireachd.
spuilleadh, see spùinneadh.
spùillean, -e, -ean, see spùinn.
spùillear, see spùinneadair.
————, *fut.pass.* of spùill.
spùillearachd, see spùinneadaireachd.
spùillearan, *n.pl.* of spùillear.
spùille-chogadh, see spùinne-chogadh.
spuillinn, see spùinne.
spuillir(e)-buidhe,(AF) *s.m.* Marsh harrier.
spuing,§ -ean, *s.f.* Cork-like fungus growing on trees—*polyporus.* 2 Sponge. 3 Tinder, touchwood. 4 *in derision,* Niggard.
spuing, *gen sing.* of spong.
spuingealachd,** *s.f.* Sponginess. 2 Parsimoniousness, niggardliness.
spuingeil,** *a.* Spongy. 2 Parsimonious, niggardly.
spuinn, -e, -ean, *s f.* Spoil, booty, plunder. 2 Capture. 3 Burglary, robbery. [** gives *nom.* spùinne.]
spùinn, *pr.pt.* a' spùinneadh, *v.a.* Spoil, plunder, rob. 2 Deprive of anything. An s. duine Dia? *shall a man rob God?*
spùinneach, -eiche, *a.* Spoiling, robbing, plundering. 2 Having much spoil or plunder.
spùinneadair, -ean, *s.m.* Robber, plunderer, spoiler. 2 Brigand.
spùinneadaireachd, *s.f* Robbing, spoiling, plundering, robbery, practice of robbery.
spùinne-chogadh, -aidh,** *s.m.* Predatory warfare
spuinneadairean, *n.pl.* of spùinneadair.
spùinneadh, -aidh, *s.m.* Plundering, act of plundering, robbing or spoiling. 2 Depriving, act of depriving or taking away. 3 Spoil, booty, robbery. A' s—, *pr.pt.* of spùinn.
spuinnear, -ir, -an, see spùinneadair. 2 *fut.pass.* of spùinn.
spùinnear, *s.m.* Tarry rope—*Arran.*
spùinnearach, *a.* Piratical.
spùinnearachd, see spùinneadaireachd.
spùinnearan, *n.pl.* of spùinnear.
spuir,* *gen.sing. & n.pl.* of spor.
spuir, see spor. S. na h-iolaire, *the eagle's claw.*
spuirean, *n.pl.* of spor.
spuirse, *s.f.ind.* Spurge, milkweed—*euphorbia exigua & e. helioscopia.*
spuirseach, -eiche, *a.* Abounding in spurge. 2 Like spurge or milkweed.
spuis, -e, -ean, *s.f.* Pocket.
spulgan,(DU) *s.m.* Kiln-dried corn. 2 Small

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

quantity taken and eaten after husking with the teeth. Used collectively, see spiolgan.
spull,* *s.f.* Nail of a cat. 2 Clutch. 3††Cat's claw.
spullach,* -aiche, *a.* Nailed. 2 Greedy.
spullach,* -aich, *s.m.* Greedy, monopolizing female. [*s.f.*]
spullair,* -ean, *s.m.* Greedy man.
spult, *v.a.* Spatter, bedabble, sprinkle. 2 Splash. sprinkle. 3 Tear, mangle. (also spolt.)
spult,** *s.m.* Splash, sprinkling. (also spolt.)
spultach, *a.* Splashing, bespattering, sprinkling. 2 Tearing, mangling. 3 Devouring. (also spoltach.)
spultadh, -aidh, *s.m.* Respersion. 2 Splashing. sprinkling. 3**Aspersion. 4 Tearing, mangling. A' s—, *pr.pt.* of spult. (also spoltadh.)
spultaidh, *fut.aff.a.* of spult.
spultair,** *s.m.* Dabbler, one who splashes or bespatters. 2 Tearer mangler. (also spoltair)
spultaireachd,** *s.f.* Splashing, bespattering, sprinkling. 2 Tearing, mangling.
spultairean, *n.pl.* of spultair.
spultar, *a.* Apt to splash or bespatter.
spultar, *fut.pass.* of spult.
spungail,** *a.* Niggardly, churlish. (spongach.)
spungair,** -ean, *s.m.* Niggard, churl.
spungaireachd, *s.f.* Niggardliness, churlishness.
spungairean, *n.pl.* of spungair.
spungalachd, *s.f.* Niggardliness.
spuran, see sporan.
spursan, -ain, -an, see spàrsan.
spursanach, see spàrsanach.
spurt, see spòrs.
sput,** *s.m.* Eunuch.
spùt,(DMK) *s.* The smallest particle. Cha'n 'eil s. céille aige, *he has not the smallest particle of sense—W. coast of Ross.*
spùt, -a, -an *s.m.* Spout, spout of water. 2 Pour of rain. 3 Flux. 4 Cascade. 5 *in contempt*, Bad drink. 6(DMy) Disease in cattle, diarrhœa in cattle or sheep. Bò s., uan s., *a cow with diarrhœa, a lamb with diarrhœa ;* tobraichean 'nan spùtaibh dian, *fountains in impetuous torrents ;* gunna-spùt, *a syringe.* [** gives *gen.* spùit.]
spùt, *pr.pt.* a' spùtadh, *v.a. & n.* Spout, pour out, squirt.
sputach, -aiche, *a.* Spouting, squirting, that spouts or squirts. 2 Sloppy, miry or vapid (of drink.) 3**Pouring. 3 (DU) Worthless, contemptible.
spùtachan, -ain, -an, *s.m.* Syringe, squirt. Gunna spùtachain, *a syringe*
spùtadh, -aidh, *s.m.* Spouting, act of spouting or squirting. 2 Pour of water. 3 Torrent, cascade A' s—, *pr pt.* of spùt.
sputaidh, *fut.aff a.* of spùt.
sputair,* -ean, *s.m.* Bird. 2 Syringe.
spùtan, -ain, -an, *s.m., dim.* of spùt. Small spout or squirt. 2 Small cascade, jet or rill. 3 Syringe.
spùtanach, -aiche, *a.* Full of little spouts, squirts or cascades. 2 Like a syringe.
spùtar, *fut.pass.* of spùt.
spùtarsaich,** *s.f.* Slip-slop.
sputhuinn, (CR) *s.* Straw not threshed but seedless—*Argyll.* 2 (DC) Straw drawn and combed for thatch.
srabag,(AF) *s.f.* Cockle.
srabadh,** *s.m* Abstertion.
sràbh, -àibh, -an, *s.m.* Straw. 2††Straw fuse for blasting. 3**Plenty. 4 Falling water. A' trusadh nan s. agus a' leigeil nam boitean leis an abhainn, *gathering straws and allowing the trusses to go with the stream ;* s. uisge, *water pouring, as from the roof of a house.* [*pl.* in *Gairloch* sràibhean—DU.]
sràbh,* *v.a.* Scatter here and there.
srabhach, -aiche, *a.* Strawy, full of straws. 2 Like a straw. 3* Scattered. 4**Plentiful. 5 Squandering.
sràbhadh,** *s m* Diffusion.
sràbhag, -aig, -an, *s. f. dim.* of sràbh. Little straw. 2 Straw laid on wood in a kiln under the grain.
sràbhagach, -aiche, *a.* Full of little straws.
†srabhan, -ain, *s m* Superfluity.
sràbhan, -ain, -an, *s.m.* Little straw. 2 *pl.* of of sràbh. 3 (DU) Broken straw mixed with kiln-dried corn.
srabhanach, -aiche, *a* Full of little straws.
sràbhard, *s.m.* Quarrel, dispute, riot—*Rob Donn.*
sràc,(DU) *v.a.* Stroke with a tawse, &c
srac, *pr.pt.* a' sracadh, *v.a. & n.* Tear, rend, cut asunder. 2 Rob, spoil, plunder.
srac, sraic, *s m.* Noise of cloth in the act of tearing 2 Noise made by a scythe in the process of mowing. 3 Prattling.
sràc,(DU) *s.m.* Stroke given with a tawse or rod. 2 Strickle for sharpening a scythe. S. speal-ain, *scythe-strickle.*
sracach, -aiche, *a.* Tearing, that tears or rends. 2 Full of rents. 3**Apt to tear.
sracadair, see sracair.
———eachd, see sracaireachd.
sracadh, -aidh, *s.m.* Tearing, act or state of tearing or rending, rent, tearing, cutting asunder, fissure. 2 Robbing, act of robbing or plundering. 3 Twig, shoot, sprout. 4**Pulling. 5** Fissure, tear, rent. 6 Robbery, spoil, extortion. A' s—, *pr. pt.* of srac.
sracadh,(DUs *s.m.* Act of striknig with a tawse or rod.
sracair, -ean, *s. m.* Tearer, render, one who tears or rends. 2 Spoiler, robber. 3 Champion. 4 Extortioner.
sràcair,** *s.m.* Gossip.
sracaireach, -eiche, *a.* Tearing, rending. 2 Given to extortion. 3 Given to fighting.
sracaireachd, *s.f.* Tearing, continued tearing or rending. 2 Habit of tearing. 3 Extortion, 4 Hard fighting. 5 Oppression.
sràcaireachd,** *s.f.* Gossiping.
sracanta,* -ainte, *a.* Turbulent. 2 Oppressive, apt to extort. 3 Vigorous, stout. 4 Tearing. (see sracaireach.)
sracantachd, see sracaireachd.
srachd, see srac.
———ach, see sracach.
———air, see sracair
———aireach, see sracaireach.
———aireachd, see sracaireachd.
srachdta, see sracta.
sracta, *past pt.* of srac. Torn. 2 Spoiled, robbed.
srad, *pr.pt.* a' sradadh, *v.n.* Sparkle, emit sparks, strike fire. 2††Run swiftly.
srad, -aid & -a, *pl*, -an, *s. f.* Spark of fire. 2 *Quick temper. 3**Drop.
srada-bianain, *s.f.pl.* Ignis-fatuus.
sradach, -aiche, *a.* Emitting sparks. 2 Full of sparks.
sradadh, -aidh, *s.m.* Sparkling, act of sparkling or emitting sparks. A' s—, *pr.pt.* of srad.
sradag, -aig, -an, *s.f. dim.* of srad. Little spark. 2 Nettle—*Hebrides*, see deanntag. Beum nan sradagan, *the stroke that causes sparks.*
sradagach, -aiche, *a.* Emitting sparks. 2 Full of sparks.
sradaich,(MS) *v.n.* Glisten.
sradanta,* -ainte, *a.* Quick-tempered.
sradrach,* -aich, *s.f.* Sparkle. 2 Half inebriety

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

sràibhlean, -ein, -an, *s.m.* Little straw. 2 Single straw.
————ach, -aiche, *a.* Abounding in little straws.
sràid, -e, -ean, *s.f.* Street, lane. 2 Walk, promenade, saunter, act of walking, as for exercise. 3 Row, rank. S.-leth-taoibh, *a by-street*; mar pholl nan sràidean, *like the mire of the streets*; gabh s., *take a walk.*
sràid,* *v.n.* Walk, pace. 2* Walk the streets.
·——each, -eiche, *a.* Full of streets. 2 Having many or fine streets. 3 Like a street. 4‡‡ Walking, fond of walking.
·——,* *s.m.* Lane.
sràideachan, -ain, *s.m.* Saunterer. 2 Vagabond.
sràideachd, *s.f.* Habit of walking or sauntering. 2 Act of walking or sauntering, promenading.
sràideag, -eig, -an, *s f., dim.* of sràid. Little street or lane. 2 Skip, leap, long pace. 3 Short walk. 4 Street walker, whore. 5**Mat.
sràideamachd,* *s.f.ind.* Walking for pleasure or exercise. 2 Pacing.
sràideamaich,* *v.a.* Walk for pleasure or exercise.
†sraidean, -ein, -an, *s. m.* Shepherd's purse (plant.)
sràidean, -ein, -an, *s.m.* Little street. 2 Village. 3 *n pl.* of sràid.
sràidear, -ir, -an, *s.m.* Saunterer, lounger.
————achd, *s.f.ind.* Lounging, sauntering about, promenading, promenade.
sràideas, -eis, *s.m.* see sràidearachd.
sràideasachd,** *s.f.* Airing.
sràideisich, *v.a.* Stroll, walk.
sraidheag, -e'g, *s.f.* Cake.
sràidich, *v.a.* Jaunt.
sràid-imeachd, *s.f.ind.* Walking about at ease, promenading, lounging, sauntering.
sràid-sheòmar, *s.m.* Gallery.
sraigh,* **-e,** *s.f.* The cartilage of the nose. Cuiridh mi car an sraigh do shròine, *I will twist the cartilage of your nose.*
sraigh, *pr.pt.* a' sraigh, *v.a.* see sreoth.
—— eartaich,* *s.f.* see sreothartaich.
sraing, *s.f.* Lace, embroidery-work—*Dàin Iain Ghobha.*
†srait, * *s.f.* Tax, fine.
sraith, see sreath.
sram,** *s.m.* Matter running from the eyes.
·——ach, *a.* Blear-eyed.
sramh, -aimh, *s.m.* Jet of milk running from a cow's udder. †2 Matter running from the eyes. 3(DMy) Jet of beer or whisky that comes through the hole in the cask.
srang,** **-aing,** *s.m.* Frown.
srann, -ainn & -a, *pl* **-an,** *s.f* Snore, snorting. 2 Whizzing or whistling sound. 3 Whistling of the wind, as in the cordage of a ship. 4 Loud noise of a bagpipe. 5 Hum. 6 Any aërial sound produced by quick motion. 7** Twanging noise. 8** Noise of a bowstring. 9 Impetus of one walking fast. 10 Drink as deep as one's breath will permit. Piob a's beachdaile s., *a pipe of the cheeriest strain*; tha s. aice, *she is snoring*; s. na sine, *the noise of the blast.*
srann, *pr.pt.* a' srannail, *v n.* Snore. 2 Snort, 3 Make a humming or whistling noise. 4†† Buzz. 5**Twang. 6††Hum. 7* Drink deep.
srannach, -aiche, *a.* Snoring, snorting. 2 Humming, making a humming sound. 3 Making a whistling or whizzing sound. 4 (DMK) Speaking through the nose—*Caithness.*
·————an, -ain, -an, *s. m., dim.* of srann, see srannan.
srannadh, -aidh, *s.m. & pr.pt.* Same meanings as srannail. 2* Great offence.
srannaich, see srannail.
sranna-ghaoth, -ghaoithe, *s. f.* Loud-sounding wind.
srannail, *s.f.* Snoring, act of snoring or snorting. 2 Humming, act of making a humming sound. 3 Act of making a whistling or whizzing sound. 4*Great offence. 5 Neighing. 6 Loud hoarse noise. 7††Buzzing. 8**Continued whizzing. A' s—, *pr.pt.* of srann. S. a chuid each, *the snorting of his horses.* [Not *neighing*—MM.]
————,** *a.* Humming loudly. 2 Snoring, snorting. 3 Neighing. 4 Whizzing.
srannair, -ean, *s.m.* Snorer.
srannan, -ain, -an, *s. m. dim.* of srann. Rattle (child's plaything.) 2 Grasshopper. 3 Humming noise. 4 Whizzing noise. 5 Great hoarseness. 6 Rattling in the throat. 7†† Buzzing toy. S. séididh, *a kind of whirligig.* (see srannchan.)
————ach, see srannach.
————aich,(MS) *v.a.* Hum, as bees. 2 Hiss.
srannartach, -aiche, *a.* Snorting. 2 Timid. 3 Skittish (of horses.)
srannartaich, -e, *s.f.* see srannail. Thoisich e air s., *he began to snort.*
srannchan,** **-ain,** *s.m.* Humming-board, thin notched piece of wood attached at one end to a string, and making a loud humming noise when moved with a swift vertical motion. [Srannan in *Argyll.*]
srannanaich, see srannanaich.
srannrach, see srannach.
srannraich, -e, *s.f* see srannail. Beachan gheug ri s., *the bees of the branches humming.*
†sraodh, -a, *s.m.* Sneeze.
sraoidhleagan, -ain, *s.m.* Battledore.
†sraoil, *v.a.* Push. 2 Scatter. 3 Tear.
sraoileach, *a.* Apt to tear, given to tearing. 2 Easily torn.
sraoileadh, see fraoileadh.
sraoileagach, *a.* Queanish, sluttish. 2 Sparkling, as fire.
sraoilleag, *s.f.* Scullion, dirty hussy. 2 Spark of fire. 3 Species of berry.
sraoilleanach, *s.m.* Scullion.
sraoin, -e, *s.f.* Huff, pet. [pride.
————eis, *s.f.* Huff, pet, swell of petulance or
————eiseach, *a.* Huffish, petulant, pert, querulous.
sraon, -aoin, *s.m.* see sraonadh. 2(DU) Shove to a floating body Cuir s. fodha, *shove it off.*
sraon, *pr pt.* a' sraonadh, *v.a.* Make a false step, fall sideways. 2 Stumble, slide. 3 Rush forward with violence. 4 Stray. †5 Turn. †6 Scatter. 7(DU) Shove.
sraonadh, -aidh, *s.m.* Act of making a false step, or falling sideways. 2 Stumbling, act of stumbling 3 Act of rushing forward with violence. 4 Great offence. 5††Digression, slip. 6 Huff. 7 Impetus of one walking fast. 8 ††Rush. 9 **Quick motion. A' s—, *pr. pt.* of sraon. Guiniche sraonadh, *keenest speed—B. Doran, l. 50*
sraonag, *s.f.* Vessel with a strong forward motion.—*Dàin I. Ghobha.*
sraonais, -ean, *s.m.* Huff, swell of sudden anger or arrogance. 2* Great snuffiness.
sraonaiseach, -eiche, *a.* Huffish, snuffy. 2 Arrogant. 3 Querulous, petulant.
sraonaiseachd, *s.f.* Pettishness, querulousness, huffishness. 2 Arrogance. 3 Pertness.
srath, -a, -an, *s.m.* Valley through which a river runs. 2 Low-lying or flat part of a valley district or farm. 3 Any low-lying country along a river, strath. 4 *Meadow. 5 The low, inhabi-

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

ted part of a country, in contra-distinction to its hilly ground. 6 Dell. 7 *rarely*, Marshy ground. 8 Plain beside a river. Eas a's àille srath, *a waterfall in the prettiest dell*, luchd-àiteachaidh an t-srath, *the inhabitants of the valley*.

†srath, -aith, -an, *s.m.* Tax, fine, amercement.

srathach, -aiche, *a.* Full of straths or valleys. 2 Dwelling in valleys.

————adh, -aidh, *s.m.* Act or circumstance of imposing a general fine. 2 Taxing, taxation.

†srathaich, *v.a.* Impose a general fine, tax.

srathair, -ean, *s.m.* Stroller, lounger.

srathair, -e & -thrach, *pl.* -thraichean, *s.f.* Cart-saddle. 2 Pack-saddle. 3 Straddle. Bithidh na caidearan a' tighinn air na srathaichean, *the cadgers will be talking of pannier-saddles*. —i. e. every one to his trade.

srathan, -ain, -an, *s m. dim.* of srath. Little strath or valley.

srathanach, -aiche, *a.* Abounding in little valleys.

srathanach, -aich, *s.m.* Inhabitant of a little valley.

sreabh, see sramh.

†sreabhan, -ain, *s.m.* Cake.

sread, *s.* see sreath.

sread, see sreadan.

†srèad, -a, -an, *s.m.* Herd, flock. 2 Troop. 3 Row, rank.

sreadach, see sreathail.

sreadachadh, see sreathachadh.

sreadaich, see sreathaich.

sreadaichte, see sreathaichte.

sreadan,†† *s.m.* Tirade, torrent of words.

sreadh, see sreath.

sreafan, see streafon.

sream, -a, -an, *s.m.* see sreamadh.

sream, *pr.pt.* a' sreamadh, *v.a. & n.* Wrinkle, become wrinkled or corrugated. 2 Corrugate, contract into furrows or wrinkles. 3 Grin, as an angry dog. 4*Rheum.

sreamach, -aiche, *a.* Wrinkled, corrugated. 2 Corrugating, causing wrinkles. 3 Grinning, as an angry dog. 5 Blear-eyed.

sreamadh, -aidh, *s.m.* State of becoming wrinkled. 2 Act of corrugating, or causing wrinkles. 3 Grinning, act of grinning, as an angry dog. 4 Wrinkle. 5 Distortion of the face. 6 ‡ Curbing or checking by the nose. 7 †† Rheum.

sreamaid,* -e, -ean, *s.f.* String of slaver or snot.

†sreamh, *v.n.* Stream, flow

†sreamh, -eimh, *s.m.* Stream, spring.

sreamhaich, *v.* Blear.

sreamh-shùil, -shùl, *s.f.* Blear-eye.

sreamh-shuileach, -eiche, *a* Blear-eyed. 2 Having wrinkled eyes or eye-lids.

sream-shuileach,‡‡ -eiche, *a.* Having wrinkled eyes or eye-lids.

†srean, *s.m.* Wheezing.

sreang, *v.a.* Extend. 2 Draw out into threads. 3 Tear.

sreang, -einge, -an, *s f.* String, line, cord. 2 Rope. 3 Charm to prevent harm from an evil eye. 4 Ridge. 5 The part of a hand fishing-line held in the hand. 6 In *pl.* applied to fishing-lines.—DU. Iasgach shreangan, *line-fishing*; tharruing i an t-sreang le rogha beachd, *she drew the string with the best aim*.

sreangach, -aiche, *a.* Stringed, furnished with strings. 2 Stringy. 3 Composed of strings. 4 Capillary. 5 Dilute. 6 Lineal. 7 Strung, threaded. 8* Like a string or thread.

sreangachadh, -aidh, *s. m.* Stringing, act of stringing or fitting with strings. 2 Act of attenuating or making slender. A' s—, *pr.pt.* of sreangaich.

sreangag, -aig, -an, *s.f.* Small string, thread, cord.

sreangagach, -aiche, *a.* Full of little threads or strings, stringy.

sreangaich, *pr.pt.* a' sreangachadh, *v.a.* String, cord, fit with strings or cords. 2 Draw out into strings. 3 Attenuate, make slender. 4 Make subtle. 5**Bend with strings. 6*Get capillary.

sreangaichte, *past pt.* of sreangaich. Fitted with strings or cords. 2 Attenuated, made slender. 3 Tied. 4 Capillary.

sreangair,** *s.m.* Sneaking, half-starved fellow.

sreangan, -ain, -an, *s.m.* Small string. 2 Thread with which shoes are sewn. 3 Little rope or line.

sreaganach, -aiche, *a.* see sreangagach.

sreanganan, (DU) *s.m.* Reef-points of a sail—*Skye*.

sreang-art,** -airt, *s.f.* see sreang-tart.

sreangartach,** -aich, *s.m.* Tall raw-boned man, *in derision*.

————, *a.* Like a loadstone, magnetic.

sreang-bogha,§ *s.f.* Rest-harrow—*ononis arvensis*.

647. Sreang-bogha.

sreang-chumail, *s.f.* Awe-band.

sreang-lion,** -liontan, *s.f.* Casting-line, casting-net.

sreang-riaghailt,** *s.f.* Plumb-line, plummet, ruling-line, mason's parallel line.

sreang-stiùiridh,** *s.f.* Stern-rope.

sreang-tart,** *s.f.* Loadstone.

sreang-thomhais,** *s.f.* Measuring-line. 2 Surveyor's line or chain.

sreang-thrian, see sreang-bogha.

sreann,* see srann.

sreannartaich,* see srannartaich.

sreann-chor,* *s.f.* Whirlwind—*Islay*.

sreap, see streap.

sreat, *s.m.* see sreatan.

sreatan,* -ain, *s.m.* Screech. S. lughadaireachd, *a screech of blasphemies*.

sreath, -a, -an, *s. m.* Series, class, order, row, rank, stratum, layer, 2 Issue. 3 Round, circle. 4 (AH) Reef in a sail. 5 (AF) Herd, troop, flock. 6**Swathe, as of grass. 7 Drill or row of potatoes. 8** Long line. 9 (DU) Line of printing, print. 10(DU) Furrow. Tha e 'cur feamainn 'san t-s., *he puts seaware in the furrow*; s. aghaidh, or sreath beòil, *the van* or *front rank of an army*; s. meadhon, *centre rank*; s. chùl, *the rear rank*; an dà sh., *in two rows*; le sreathaibh, *with rows* (*of jewels*.) On stated occasions of carousal it was customary among the Gael of old to sit in a circle, which they called *sreath*. The cup-bearer filled the cup to the brim at every round, and however potent the liquor might

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

be, it was cleared off at a draught. These scenes of intemperance often lasted for three days, and it was deemed effeminate in anyone to retire sober. At such drinking matches it was usual for two men to be in attendance at the door with a litter, to carry off to bed every individual as he fell senseless from his chair. —** [*s.f.**]

sreathach, -aiche, *a.* see sreathail.

—————adh, -aidh, *s m.* Arrangement. 2 Act of setting or arranging in ranks or rows. 3 Drawing up in lines. 4 Rolling into swathes, as grass. A' s—, *pr.pt.* of sreathaich.

sreathadh, *s.m.* Sneezing.

sreathaich, *pr.pt.* a' sreathachadh, *v.a.* Place or set in ranks or rows, draw up in ranks.

—————te, *past pt.* of sreathaich. Placed in ranks or rows, drawn up in lines.

sreathail, -e, *a* Ranked, in ranks or rows. 2 In classes. 3 Lineal. 4 Full of ranks or rows. 5**Full of rolls or swathes, as grass.

sreathainn, -e, *s.f* Straw on which corn is laid in a kiln. 2 Kiln-straw. 3 Materials of a bed, i.e. drawn straw.

sreathal,** -ail, *a.* That is in rows.

sreathan, *n.pl.* of sreath. 2 *s.m.* Little row or rank. 3 see sreothan.

sreathan,** *s.m.* Vellum. 2 Filmy skin which covers an unborn calf. 3 Film. Cho tana ri s., *as thin as a film.*

sreathart, *v.* see sreothart.

—————aich, *s.f.* see sreothartaich.

sreathnaich,** *v.a.* Wet, moisten. 2 Spread out, extend.

————————te, *past pt.* Wetted, moistened. 2 Spread out.

sréine, *gen.* of srian.

sreing, -e, -ean, see sreang.

sreinge, *gen.sing.* of sreang.

sreinglean,* *s.f.* see sringlean. [*sringlein.]

sréip, *gen.* of sreup.

sreòdadh, (MS) *s. m.* Inciting, encouraging, giving advice.

sreoth, *v.n.* Sneeze.

sreoth, *s.m.* see sreothart.

sreothan, -ain, -an, *s.m.* Caul. 2 Semen. 3 Film. Sreothan òig-aoin, *after-birth.*

sreothart, -airt, -an, *s.m.* Sneeze.

————-ach, -aiche, *a.* Sneezing. 2 Causing to sneeze.

—————aich, -e, *s.f.* Sneezing, frequent sneezing. Thòisich e air s., *he began to sneeze.*

sreud, -a, -an, *s.m.* see sreath & treud.

sreud,(CR) *s.m. W. of Ross* for sreath.

————ach, see sreathach.

sreup, see streup.

————-ach, -aiche, *a.* see streupach.

srian, -éine, *pl.* -ean & -tan, *s. f.* Bridle, curb, bridle and reins. 2 Restraint. 3 Stripe, streak.

srian, *pr pt.* a' srianadh, *v.a.* Bridle. 2 Curb, restrain. 3 Control.

srianach, -aiche, *a.* Bridled, like a bridle, of a bridle. 2 Curbing, that curbs or restrains. 3 Cockled. 4*Streaked. Each s., ceumnach, *a bridled, prancing horse*; an seillean s., *the ring-streaked bee.*

srianach, see strianach.

—————d, *s.f.* Brindle. 2 State of being ring-streaked. 3 Ruling or managing by means of a bridle.

srianadair,(MS) *s.m.* Lorimer.

srianadh, -aidh, *s.m.* Bridling, act of putting in a bridle. 2 Bridling, act of curbing or restraining. 3 Reining. 4**Pulling down the power of an enemy. A' s—, *pr.pt.* of srian.

srianaich, *v.a.* Bit, bridle, as a horse. 2 (MS) Hold. 3* Marble.

srian-bhuidhe, *a.* Streaked with yellow.

srian-chlais, -e, -ean, *s.f.* Furrow in a column.

—————each, -eiche, *a.* Furrowed, as a column or pillar.

srianta, *past pt.* of srian. Bridled. 2 Restrained, checked, curbed, reined. [*sriante]

srid, *v.n.* Dribble.

srideach, -eiche, *a.* White, streaked with dark colour.

srideag, -eig, -an, *s.f.* Drop. 2 Spark.

srideagach, -aiche, *a.* Falling in small drops. 2 Tabby.

srideagaich, *v.a.* Besprinkle.

sringlean, -ein, *s.m.* The strangles, a disease in horses.

sriod, see srad.

sriod, *pr pt.* a' sriodadh, *v.a.* Run swiftly, run like wild fire.

sriodag, see srideag.

————aich,* *v* see srideagaich.

sriut, -uit, *s.m.* Torrent of quick sounds, tirade. 2 Rote. 3**Long tedious rhyme 4**Quick rehearsal, as of rhyme. 5**Speech rapidly delivered.

sriutach, -aiche, *a.* Rapid in rehearsing. 2 Rehearsing rapidly.

sriutach, -aich, *s.m.* Rapid rehearsal. 2 Rhyming. 3 Long and rapid rhyme, tedious rhyme.

sriutaiche, -an, *s.m.* One who repeats or recites rapidly. 2 Rhymer. [sriutaich—McL & D]

sriutan,** -ain, *s.m.* Long and quick repetition of news or poetry. 2(DU) Quick, jerky walk. S. ghuidheachan, *a torrent of oaths or swearing.*

srobach,** *a.* Apt to push, thrust or shove.

srobadh, -aidh, -ean, *s. m.* Push, thrust. 2 Pushing, thrusting, shoving. 3 Small quantity of liquor.

†sroghall,† -aill, *s.m.* Whip, lash.

sròn, *gen.sing.* of srol.

sròn, *v a.* Deviate, turn aside.

sròin,* *s.f.* Huff. Tha s. air, *he is huffed* or *offended.*

sròin-adharcach, *s.m.* Udicorn.

sròin-aodach ** -aich, *s.m.* Pocket-handkerchief.

sròine, *gen.sing. & n pl.* of sròn.

sròineach,** *a.* Projecting, as a rock. 2**Large-nosed. 3 Sharp-nosed. 4 Apt to smell, snuff or snuffle. 5 Sharp-scented. 6 Nasal, like a nose. 7 Like a headland. 8 Projecting, as a headland. 9**Having headlands or promontories.

sròineachadh, -aidh, *s.m.* Breathing. 2 Smelling. 3 Snorting. 4 Snuffing, snuffling.

sròineadach,†† -aich, -aichean, *s. m.* Handkerchief.

sròineadh, *gen.sing.* of sròn—*Skye.*

sròineag, *s.f.* Projecting rock. 2 see sròn**ag**.

————ach, *a.* Having numerous promontories or jutting points.

sròineagaich, see sròn**agaich**.

sròineall, *s.f.* Musrol, nose-thong of a horse's bridle.

sròinean, *s.m.* see sròineall. 2(DU) *dim.* of sròn. Toe of a stocking.

sròineann, *a.* (sròin + fhionn) White-nosed.

sròinean, *n.pl.* of sròn.

sròineil,** *a.* Nasal.

sroineis, -e, *s.f.* Snorting. 2 Snuffling. 3 Smelling. 4 Puffing, blowing from shortness of breath. 5* Huffiness.

sròineiseach, -eiche, *a.* Smelling, snuffling. 2 Snorting. 3 Apt to smell, snuff or snort. 4* see sraonaiseach.

sròineiseachd,** *s.f.* Habit of smelling, snuffling or snorting.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

sròineisich †† *pr. pt.* a' sròineiseachadh, *v. a.* Smelling. 2 Rubbing noses.
sroin-eudach,** -aich, *s m.* Pocket-handkerchief.
sròin-fhionn,** *a.* White-nosed, as a quadruped.
sroin-iall, see **srôineall.**
srôinich, *pr.pt.* a' sròineachadh, *v. a.* Breathe through the nostrils. 2 Smell, apply the nose to anything. 3 Snort. 4 Trace with the scent, as a dog, scent. 5 Snuffle. 6 Pant.
sròinich, *s.* see sròineis.
sroinnionn, *a.* (for sròin-fhionn) Na laoigh òga sroinnionn guailleach, *the young, white-nosed, well-set-up calves*—*Donn.Bàn, p. 60.*
sròin-sréine, see sròineall.
sròintean, *n.pl.* of sròn.
sròl, -òil, *pl.* -an & -tan, *s. m.* Banner, ensign, flag 2 Silk, satin, gauze, lace, crape. 3 Any flowing or fine part of a lady's dress. 4** Flowing ribbon, streamer, sash. Le 'n sioda 's le 'n sròltaibh, *with their silks and their sashes.*
sròlach, -aiche, *a.* Having banners or ensigns. 2 Like a banner. 3 Abounding in, or like, silk, satin, crape or gauze. 4 Flowing, as the delicate parts of a lady's dress, ribbons or sashes. 5* Dressed with crape.
sròl-bhratach, -aich, -aichean, *s.f.* Silken banner, pennon or flag.
————, -aiche, *a.* Silk-flagged, having silk pennons, flags or banners.
sròn, -òine & -a, [sròineadh—*Skye*] *pl.*-an, -e** & sròintean, *s.f.* Nose. 2 Promontory, headland running from a mountain to a "strath." 3 Ridge of a hill. 4 Point of a plough. 5** Nostril. 6††Prow. 7(DU) Toe of a stocking. Ghabh e sin anns an t-sròin, *he took offence at that—lit. he took that in the nose;* tha s. air, *he is huffed, he is offended*; braigh na sròine, *the bridge of the nose*; s. chrom, *aquiline nose*; s. dhireach, *Grecian nose*; s. smutach, *a pug nose.* [sroin—*Gairloch & Lochbroom*—DU.]
sronach, -aiche, *a.* Nosed, nasal. 2 Having a remarkable nose. 3 Abounding in promontories or headlands. 3** Sharp-scented. 5** Apt to smell or snuff. 6(DU) Ready to take offence.
srònach,* *s.f.* Nose-string
srònachaidh,(AF) *s.* Sea-stickleback.
sròn-adharcach,* -aich, *s.m.* Rhinoceros.
sronag, -aig, -an, *s.f.*, *dim.* of sròn. Small nose. 2 Small promontory. 3 Hillock. 4**Any prominent or projecting part of a rock or hill. Feadh nan s., *among the jutting rocks.*
————ach, -aiche, *a.* Abounding in small promontories. 2* Having numerous headlands or promontories. 3 Jutting, as rocks. 4 Abounding in hillocks.
————aich, -e, *s.f.* Smelling. 2 Tracing by scent, as a dog. 3**Snuffing, snuffling.
————raich,** *s.f.* Smelling. 2 Snuffling. 3 Snorting.
srònail, -e, *a.* see srònach.
srònaiseach, -eiche, *a.* Affectioned. 2 Apt to smell, smelling. 3 Snuffing. 4 Snorting. 5 (DC) Petted. 6(DC) Supercilious.
————d,** *s.f.* Habit of smelling, snuffling or snorting. Ciod an t-s. a th' ort? *why do you snuffle so?*
srònaisich, see srònagaich.
————, *v.* Scent, smell, nose.
srònamh,§ *s.m.* Onion, see uinnean.
sròn-an-laoigh,§ *s.f.* Snap-dragon—*antirrhinum orontium.* Known only in gardens in Scotland, and rare in Ireland as a wild flower, but it is found wild in various parts of the south of England. (ill. 648.)
srònan, -ain, *s.m.* see sròineall.
sròn-fhionn, -a, *a.* see sròin-fhionn.

648. Sròn-an-laoigh.

sròn-ghaothach, -aiche, *a.* Following the chase by scent or smell.
sròn-teud,** *s.* Bow-line, cable.
†sroth, -a, -an, *s.m.* Foam of water. 2 Stream. 3 Whirlpool.
srothan, see sruthan.
sruab, *v. a. & n.* Drink up any liquid with a noise of the lips. 2 Sweep off with eagerness. 3 Pull anything hastily out of the water. 4‡‡ Make a paddling noise in water.
————ach, -aiche, *a.* Making a disagreeable noise in drinking liquids. 2 Sweeping anything off with violence or avidity. 3 Pulling anything hastily out of water. 4‡‡ Making a paddling noise in twater.
sruabadh, -aidh, *s.m.* Act of drinking water with a noise of the lips. 2 Act of sweeping anything away hastily or eagerly. 3 Act of pulling anything hastily out of water. 4 Noise of the lips in drinking. 5 Sudden or eager pull at anything. 6††Paddling in water. A' s—, *pr.pt.* of sruab. [sruabladh in *Poolewe*—WC.]
sruabair, -e, -ean, *s.m.* One who makes a noise with the mouth in drinking. 2 One who sweeps away anything greedily or eagerly. 3 Coarse, awkward fellow. 4‡‡One who paddles in water.
————eachd, *s.f.ind.* Drinking of liquids with a noise. 2 Snatching of anything with eagerness. 3 Coarseness and awkwardness of manner. 4‡‡Paddling in water.
sruabta, *past pt.* of sruab. Swallowed with a noise of the mouth. 2 Swept away eagerly or hastily. 3 Pulled hastily out of water.
sruaic,** *s.f.* Pustule.
sruall,(AF) *s.* Ruall (bird)—*Dean of Lismore.*
sruamach,** *a.* Streamy. 2 Powerful in armies, having great armies.
————,** -aich, *s.m.* Meeting of streams.
sruan,* -ain, *s.m.* Shortbread cake having five corners—*Islay.* 2**Triangular frame on which bread is set to bake before the fire.
srub, -uib, -an, *s.m.* Spout, as of a pump or kettle. 2‡‡Piece of timber, hollowed and placed in a falling stream for the convenience of filling vessels with water.
srùb, *pr.pt.* a' srùbadh, *v.a. & n.* Suck in or drink any liquid with the teeth set. 2 Suck, draw in, imbibe. 3 Inhale. 4 Drink with a noise of the lips. 5†† Pull anything hastily out of water. 6* Drink as long as your breath will permit.
————ach, -aiche, *a.* Sucking in. 2 Apt to suck or inhale. 3 Snuffing.
srubach, -aiche, *a.* Furnished with a spout. 2 Like a spout.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

srùbadh, -aidh, *s.m.* Sucking in of liquor, act of sucking or drawing in. 2 Large mouthful of liquid, draught. 3 Inhaling. 4 Imbibing. 5††Drinking noisily. 6†† Snatching hastily. A' s—, *pr.pt.* of srùb.

srubag, -aig, -an, *s.f.* Little spout or pipe at the mouth of a vessel.

srùbag, -aig, -an, *s.f* Small draught, gulp or mouthful of any liquid. 2 (AF) Cockle. Tha s. aige, *he has a fair amount of whisky (bit of a spree.)*

———ach, -aiche, *a.* In little draughts, gulps or mouthfuls. 2 Drinking by small draughts.

srubagach, -aiche, *a.* Furnished with small spouts.

srùbail, †† see srùb, *v.*

srùbair, -ean, *s. m.* Sucker, one who sucks in drink. 2 One who gulps or drinks greedily. 3 Sucker of a pump. 4 Inhaler 5(AF)Cockle

———eachd, *s.f. ind.* Noisy sucking in of liquors. 2 Frequent sucking. 3 Gulping, drinking greedily.

srùban, -ain, -an, *s. m. dim.* of srùb. Drawing or sucking in. 2(AF) Cockle. Tha s air, *he has had a drop*—i.e. *he is the worse of drink*—*Arran.*

———ach, -aiche, *a.* Abounding in cockles. 2 see srùbagach.

srubh,** -a, *s.m.* Snout.

———ag,** -aig, *s.f.* Cake baked before the fire.

srubh an laoigh,§ *s.m.* Snap-dragon, see sròn an laoigh.

srubhan na muice,§ *s.m.* Wall hawkweed—*hieracium pilosella.*

649. Srubhan na muic.

†srudhar,** *a.* In small pieces.

sruil,* see sruthail.

sruit, *s.* see sriut.

sruith,** *s.f.* Harangue. †2 Knowledge, discerning.

sruithean, *pl.* of sruth.

srulach, -aiche, *a.* see sruthach.

srulachan,(DMy) *s.m.* Loop on point of the flap which covers the foot of the headless stocking. Also called "srulachan an osain."

sruladh, -aidh, see sruthladh.

srulag, see sruthlag.

———ach, see sruthlagach.

srùlamas, -ais, *s.m.* Person that speaks as if his mouth were filled with liquid.

sruth, *pr.pt.* a' sruthadh, *v.n.* Flow, run on, as a stream. 2 Melt, become liquid. 3 Shed, drip. 4 Stream, pour. 5 Derive. Sruthaidh na beanntan, *the hills shall melt.*

sruth, -a -uith, *pl.* -anna, -an, -uithean & -aidh, *s.m.* River, stream, torrent, brook, running water. 2 Stream, current, tide. 3 Fountain. 4 Motion of running water, or of any liquid flowing. 5 see struth.

Tha 'n s. 'nar n-aghaidh, *the stream is against us, the current is running right ahead;* saobh-sh., *an eddy-tide:* am marbh-sh., *slack water;* coileach an t-sruith, *the ripple of the current;* 2 (WC) *the middle of the stream;* le s. agus soirbheas, *having a favourable tide and fair wind:* tha 'n s. leinn, *the current is favourable (to us);* sruthan na beatha, *the fountains of life;* onfhadh an t-sruith, *the rage of the torrent;* bhris faire air monadh nan sruth, *dawn broke on the hill of streams;* a' dol leis an t-s., *going with the stream, going down-hill.*

†sruth,(AF) *s.m.* Man of letters. 2 Ecclesiastic. 3 Astronomer

———ach, -aiche, *a.* Streaming, streamy, flowing. 2 Abounding in streams or currents. 3 Like a stream. 4 Dropping, as a liquid.

sruthadh, -aidh, *s m* Streaming, act or state of streaming or flowing. 2 Dropping, shedding. 3 Spending, as corn in the shock. A' s—, *pr. pt.* of sruth. A' s. dheur, *shedding tears;* a' s. a nuas, *dropping down.*

sruthag, see sruthlag.

———ach, see sruthlagach.

sruthaibh, *dat.pl.* of sruth.

———, *2nd. pl imp* of sruth. Stream ye.

sruthaidh, *fut.aff.a.* of sruth.

sruthail, -e, *a.* see sruthach.

———, *pr.pt.* a' sruthladh, *v. a.* Rinse with water, cleanse, scour. 2*Gulp, drink. S. ort e, *gulp it up.* (*sruil.)

sruthain, *gen.sing. & nom.pl.* of sruthan.

sruthan,(AF) *s. m.* Man of letters. 2 Ecclesiastic. 3 Astronomer.

———, *n.pl.* of sruth S. ànradhach na h-aoise, *the mournful streams (tears) of age.*

———, -ain, *pl.* -ain & -an, *s.m., dim.* of sruth. Streamlet, brook, rill, rivulet. Tharta tha na sruthain a' breabail, *over them the streams gurgle.*

———ach, -aiche. *a.* Full of streamlets or rills. 2**Purling, gurgling.

sruth-chlais, -e, -ean, *s. f.* Water-channel, conduit, canal. 2 Bed of a river or stream.

———————each,** *a.* Like a conduit or canal. 2 Full of channels.

sruth-chlaon, *v.* Derive.

sruth-fhacal, *s.m.* Alliteration. 2**Derivative.

sruthlach, -aiche, *a.* Washing, rinsing, scouring, scrubbing. 2 That has the quality of cleansing or scouring. 3*Coming in streams.

sruthlach,‡‡ -aich, see sruthladh.

sruthladh, -aidh, *s. m.* Rinsing, act of rinsing. 2 Cleansing, scouring, scrubbing. 3 Violent motion of waves advancing upon and receding from the shore. 4* Half-washing. 5** Dirty streamlet. 6 Gulping. 7 (*sruladh) Suction of air. An s. a tha bho 'n dorus, *the suction or stream of air that comes from the door.* A' s—, *pr.pt* of sruthail.

sruthlag, -aig, -an, *s.f.* Small brook, rill. 2 Water conducted through a pipe. 3 Small spout of water falling from a pipe. 4* Discharge of a water-mill.

———ach, -aiche, *a.* Abounding in, or like, small brooks or rills.

sruth-lionaidh, *s.m.* Flowing tide.

sruth-mhullseachd, *s.f.ind.* Mellifluence.

sruth-tràghaidh, *s.m.* Ebbing tide.

†sta, *v.* see stad.

stà, *s.m.ind.* Use, profit, advantage, adhibition, service, serviceableness, avail, utility. Gun s., *useless;* rud gun s., *a useless thing.*

stabh, -a, *s.m.* Iron vessel chained to a well by the way-side.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

stabh, *v.a.* Gaelic form of *stave.*
stàbhach,** *a.* Straddle. 2 Striding. 3 Wide-forked. 4 Asunder.
stabhach, -aiche, *a.* Wide asunder, divaricated, straddling, badger-legged. Bò s., *a cow with wide-forked horns* ; caora s., *a sheep with horns turned outwards.*
stàbhachadh, -aidh, *s.m.* Straddling, act of straddling. A' s—, *pr.pt.* of stàbhaich.
stabhaic,* -e, -ean, *s.f.* Wry neck. 2 Sullen or boorish attitude of the head. [pron. staoi'c, staghaic, in *Argyll.*]
stàbhaich, *v. n.* Straddle, walk with a straddling gait.
stàblair,* -ean, *s.m.* Stabler.
stàbull, -uill, -an, *s.m.* Stable, stall. Gille stàbuill, *a stable-boy.*

NAMES OF THE PARTS OF A STABLE :—
Each-lann, march-lann, *stable.*
Each-chliath, *horse-rack, manger.*
Mainnsear, *manger—W. Ross-shire & Perthsh.*
Prasach, *manger.*
Seic, *rack.*

stàbullach, -aiche, *a.* Of, or belonging to a stable. 2‡‡Like a stable.
stac, -a & -aic, *pl.* -an & -annan, *s.m.* Precipice, steep, high cliff or hill. 2 Projecting rock. 3 Conical hill. 4 *Dullness of hearing. 5 (CR) Thick-set little man—*Perthshire.* A' leumnaich o s. gu s., *bounding from rock to rock.*
stac,** *v.a.* Deafen. 2 Drive stakes into the ground. 3 Make a false step.
stac,**s.m.* Stake or post driven into the ground. 2 Pillar, column. 3 Little eminence. 4 False step, hobbling step. 5 Halt. 6 Stack. 7 Thorn. Tha s. chrùbaich ann, *he has a halt in his gait.*
stacach,** *s.m.* Halter, lame man.
stacach, -aiche, *a.* Abounding in cliffs or precipices. 2 Rugged, uneven, peaky, rocky. 3 Dull of hearing, deaf. 4** Halt, lame, hobbling. 5* Uninflammable, very unready to take fire. 6**Pillared, columned. 7**Full of impediments. 8**Full of little eminences. 9 **Causing deafness. 10 Full of heaps. 11** Full of stakes. 12**Thorny. 13 Coacervated.
———adh,** -aidh, *s.m.* Heaping up, coacervation.
———d,* *s.f.* Deafness. 2 Uninflammability.
stacadh,** -aidh, *s.m.* Deafening. 2 Driving stakes into the ground. 3 Pillar. 4 False step. 5 Hobbling step. 6 Stack.
stacaiche,* *s.f.* Degree of deafness.
stacaich,** *v.a.* Heap up, coacervate.
stacag,(DC) *s.f.* Stubborn woman—*Harris.*
stacan, -ain, -an, *s.m.dim.* of stac. Little precipice or steep hillock. 2 Hinderance. 3** Little stake or post. 4 Pillar. 5 False step. 6**Little halt. 7**Little stack. 8**Knoll. 9 (DC) Stubborn man—*Harris.*
———ach, -aiche, *a.* Abounding in little precipices. 2 Founded. 3**Knolled. 4**Rugged. 5** Full of impediments. Na clachan s., *the founded stones ;* cnocanach s., *knolled and rocky.*
stacarsaich,** *s.f.* Tramping or walking awkwardly.
stachaill,* *s.m.* Bar, barrier.
stad, -a, -an, *s. m.* Stop, cessation, pause. 2 Interruption, hinderance, impediment. 3 Period. 4 Abode. Tha s. 'na chainnt, *there is an impediment in his speech ;* cuir s. air, *put a stop to him* or *it ;* gun s. *incessantly ;* dean s., *wait, stop, pause ;* s. a h-aon, *a comma ;* s. dhà, *a semi-colon ;* s. trì, *a colon ;* s. ceithir, *a period ;* stad ceist, *a note of interrogation ;* s. iongantais, *a note of exclamation—*DMy.
stad, *pr.pt.* a' stadadh & a' stad, *v.a. & n.* Stop, cease to go forward, pause. 2 Stop, cause to stop, hinder, impede. 3 Stay, stand, wait for. 4 Rest. 5 Cease, desist.
stad, *s.m.ind.* Stopping, act, of stopping or ceasing. 2 Act of hindering or causing to stop. A' s—, *pr.pt.* of stad.
——ach, -aiche, *a.* Stopping, ceasing. 2 Hesitating. 3 Apt to stop. 4 Stammering, lisping. 5‡‡Impedimental, obstructive.
——achd, *s.f.ind.* Tendency or proneness to stop or cease. 2 Hesitation delay, delaying, hinderance, abiding, detention, pausing. 3 Impediment, obstruction. Ciod an s. a th' ort ? *why do you pause* or *delay ?*
——adh,** -aidh, *s. m.* Stopping, pausing, delaying, waiting for. 2 Stop, pause, delay, obstruction, impediment. A' s—, *pr. pt.* of stad.
stadadh, *past subj.* of stad. Would stop.
stadag, *s.f.* Stagger. Is e 'ga cur 'na stadagan, *and he sent her staggering.*
stadaich, -e, *s.f.* Stopping, hesitating. 2 Obstacle. 3 Impediment of speech. Duine aig an robh s. 'na chainnt, *a man who had an impediment in his speech.*
stadaidh, *fut.aff.a.* of stad. 2 *gen. sing.* of stadadh.
stadail, -e, *s.f.* see stad.
stàdail, -e, *s.f.* see stàideil.
stadar, *fut.pass.* of stad. Shall be stopped.
stad-chur, -uir, *s.m.* Inhibition.
stadh, *pr.pt.* a' stadhadh, *v.a.* Stretch, rax, extend, jog.
stadh, -a, *pl.* -an & -annan, *s.m.* see stagh.
stadh,** -a, *s.m.* Use, utility, service. 2 Work, working. 3(CR) *s.m.* Swathe of cut corn or hay *—Skye, &c.* 4 see stagh. Cha'n 'eil s. ann, *he is of no use ;* gun s., *useless.*
stadhach,†† *a.* Raxing, jogging.
stadhadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Sudden bending to a side, lurch. 2 Erect position. 3 Raxing, jogging. 4(WC) Bend backwards or curve in anything. Tha s. ann, *there it a bend in it.*
stadhar,** *a.* Useful, serviceable, good at working, industrious.
staduit,** -ean, *s.f.* Gaelic form of *statute.*
———-each,** *a.* Pertaining to a statute.
staga boireannaich,(DMy) *s.* Stout, immodest woman.
stagarsaich,* *s. f.* Gaelic form of *staggering.* 2 Stammering.
stagh, -a, *pl.* -an & -annan, *s.m.* Stay, certain rope in the rigging of a ship. Ar s. 's ar tarruing cum fallain, *preserve our stays and our halyards.*
staghannan,(AH) *s.pl.* Stays of a ship.
stàid, -e, -ean, *s.f.* Estate. 2 Proprietorship. 3 Furlong. 4**Rank. 5††Situation. 6**Craft, wile. Is truagh mo s., *sad is my condition!*
staid, -e, -ean, *s.f.* State, condition. An droch staid, *in a bad state.*
stàidealachd, *s.f.ind.* Stateliness. 2 Portliness. 3 Sedateness. 4 Pompousness of manner, self-importance.
stàideil, -e, *a.* Stately. 2 Portly, self-important, having a portly gait. 3 Sedate. 4**Airy. Is s. sìos is suas a cheum, *stately is his pace to and fro.*
stàideileachd, see stàidealachd.
staidhineach,** *a.* Having stays.
staidhinnean, *s.pl.* Stays of a female.
staidhir, -dhreach, -richean, *s.f.* Stair, pair of steps. An àird an staidhir, *up-stairs ;* mullach na staidhreach, *the top of the stair ;* s. shnìomhach, (*or* shnìomhain), *a winding stair.*
staidhre, see staidhir.
———ach, -eiche, *a.* Having stairs or many

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

stairs. 2 Like a stair. 3**Storied.
staidhreach, *gen.sing.* of staidhir or staidhre.
staidhrichean,* *n.pl.* of staidhir.
staid-radh, *s.m.* Statistics.
staifeid, see taifeid.
staigean, *s.m.* Punch (not whisky.) 2**Stout little fellow.
staigeanach,** *a.* Having a stout and squat person.
————,** *s.m.* Squat fellow.
————d,** *s.f.* Squatness of person. 2 Gait of a stout, squat person.
'staigh, (anns an taigh) *adv.* Within, in. 2 Within. ["To within," given as one of the meanings by McL & D, should be *steach*—MM.] Generally spelt *'stigh.* Tha iad a staigh air a chéile, *they are reconciled.* [See note under steach.]
staigheir, -ghreach, see staidhir.
staighineach,** *a.* Having stays. 2 Like stays.
staighinean, *s.pl.* Stays.
staigh-shealladh, -aidh, *s.m.* Introspection.
†stail, *s.f.* Throw.
stail, -e, -ean, *s.f.* Bandage, strap. 2 Still. 3†† Whisky-pot. [stal—*Gairloch & Lochbroom.*] Taigh stail, *a distillery, a smuggling bothy.*
staile, *pr.pt.* a' stalc & a' stailccadh, *v. a. & n.* Drive, press forward. 2 Butt. 3 Strike, knock against. 4 Stamp, put down the foot suddenly. 5 Lash against. 6** Cram. 7** Prick. 8†† Busk a fishing-hook. 9(DC)Stiffen oneself.
staile, -e, -ean, *s.f.* Stop. 2 Stubbornness. 3 Thump. 4†† Pride. 5††Stump. 6** Driving, pressing or pushing forward. 7**Prick, thorn.
stailceach, -eiche, *a.* Driving, that drives or pushes forward. 2 Striking, that strikes against. 3 Stamping, striking with the foot 4 Stubborn, obstinate. 5‡‡ Beset with impediments. 6 **Prickly, thorny.
stailceadh, -idh, *s.m.* Driving, act of driving or pushing forward. 2 Striking, act of striking against. 3 Stamping, act of stamping. A' s—, *pr.pt.* of staile.
stailcidh, *fut.aff.a.* of staile.
stailcneach, -ich, *s. f.* Stubble. 2** Standing roots of burnt heath.
staileach, *a.* Of, or pertaining to, a still, 2 a whisky-pot, or 3 a bandage.
stàilinn, *s.f.ind.* Steel.
————each, -eiche, *a.* Abounding in steel. 2 of steel. 3 Like steel. 4 Chalybeate. 5* Adamantine.
————ich,** *v.a.* Harden, as iron. 2 Convert into steel.
————ichte, *past pt.* of stàilinnich.
staillinn, see stàilinn.
stailmrich, *s.f.ind.* Noise, tumult.
stàin,** *s.f.* Tin.
staing, -e, -ean, *s. f.* Ditch, moat, trench. 2†† Peg, cloak-pin. 3††Prickle. 4 Small, pointed rock. 5 Firm, well-built person or beast. 6* Insurmountable bar or barrier. 7(AC) Site, stance, situation. 8(AC) Stronghold, impregnable position. 9 (AC) Sacred enclosure, sacred ring. 10(AC) Gap in a wall, rock or mountain. 11(AC) Distress, difficulty. 12 *pl.* (staingean) Ribs of a creel. 13* Object not easily got rid of. S. dhomhain, *a deep ditch.*
staingeach, -eiche, *a.* Abounding in ditches or trenches. 2 Furnished with pins or pegs. 3 Abounding in small pointed rocks. 4* Difficult.
staingeachadh, -aidh, *s.m.* Digging, act of digging a ditch. 2 Act of sticking in, or falling into, a ditch. A' s—, *pr.pt.* of staingich.
staingean, *s.m.* Obstinate, boorish person.
staingich, *v.a. & n.* Dig a ditch or ditches. 2 Fall into, or stick in, a ditch.
————te, *past pt.* of staingich. Dug into ditches. 2 Fallen into, or stuck in, a ditch. 3 Ditched, trenched. Talamh s., *trenched ground.*
staipeal, -il, -an, *s.f.* (CR) Handful of drawn straw, tied at one end for thatching—*Arran.* 2 see stapull & stoipeal.
†stair, -e, *s.f.* History. 2 Tumult, strife. 3 Noise, confusion. Euchdach an s., *deadly in strife.*
stair, -e, -ean, *s.f.* Stepping stones in a river. 2 Path made over a bog. 3* Temporary bridge for cattle—*Skye, &c.* S. chasa-chaolach, *temporary bridge suitable for sheep.*
stairbheanach, *s.m.* Athletic, well-built person —*Sàr-Obair.* [starbhanach—*Argyll.*]
†stairceach,** *a.* Light.
staireach, -eiche, *a.* Laid with stepping-stones.
stairean,(DMy) *s.m.* Path for man and beast between a house and the main road.
staireanach, -aiche, *a.* see staireach.
staireanachd, *s.f.ind.* Stepping on stones.
stairirich, -e, *s.f.* see dairirich. Clachan meallain le s., *hailstones with a rattling noise.*
stairleag,(AF) *s.f.* Sea-maw, black-headed gull —*Badenoch.*
stairmeil,(CR) *a.* Sturdy, plucky.
stairn,(CR) *s.f.* Particle, small quantity. Am bheil s. ann? *is there anything in it?*
stairn, -e, *s.f.* Noise as the tread of horses' feet. 2 Violent push or throw. 3††Brain-swimming from liquor. 4**Loud noise, clamour, confusion. 5 Tramping. 6††Rumbling, as of stones. 7(WC) Pride, haughtiness. 8 (DC) Rank thick grass growing in fresh-water lochs.
stàirneach, -eiche, *a.* Making a loud noise, noisy, clamorous. 2 Pushing violently.
————, *s.m.* see stàirn.
stàirneal, see steàrnal.
stàirneil, -e, *a.* Foppish, conceited, forward, ostentatious. 2**Obstreperous.
stàirneil,(MS) *s.f.* Fuss, noise.
stairneineach,†† -ich, *s.m.* Robustious fellow.
stairseach, see stairsneach.
stairsneach, -nich, -nichean, *s. f.* Threshold. 2 Bar, barrier. 3(AC) Stone step. 4 Obstacle, impediment. 5(MS) Rub. 'Na s. (*starrsach) an siod, *as a barrier yonder.*
stairt,* *s.f.* Trip, considerable distance.
————eadh,(DMy) *s.m.* Going to a place and returning without delay, as a hasty call at a house an one's way.
stàit,* -ean, *s.m.* Magistrate, great man of a place or city. Stàitean na tire, *the great men of the country;* stàitean a' bhaile, *the magistrates or chief men of the town.*
stàiteal,* *a.* Magisterial, portly.
————achd,* *s.f.* Magisterial conduct or gait, stateliness.
stal,** -ail, *s.m.* Stallion.
stalac, see stalc.
————ach, see stalcach.
stalag,(DMy) *s.f.* Drink as long as one's breath will allow. Stalagan, *drinks between breaths.*
stalan, -ain, -an, *s.m.* Stallion, entire horse.
————ach,†† *a.* Abounding in stallions.
stalc, *v.a. & n.* Stiffen, make stiff. 2 Become stiff. 3 Tie or dress a fishing-hook. 4 Walk with a halting gait. 5 Starch. 6* Tap. 7* Gaze, stare. 8* Dash your foot against—*Islay.* 9‡‡Stalk, as in hunting deer. 10*Thump.
stalc,(CR) *s.m.* Stout burly man.
——,** -aile, *s.m.* Starch. 2 Stare. 3(DC)Thick food, as soup or porridge. S. lite, *a plate of thick porridge.*

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

stalc,(AF) *a.* Falcon. 2 Starling.
stalcach, -aiche, *a.* Stiffening, making stiff. 2 Hobbling, walking awkwardly. 3‡‡Stalking. 4††Gazing, staring. 5**Starching.
stalcadair, -ean, *s.m.* see stalcair. 2‡‡Starch.
stalcadh, -aidh, *s.m.* Stiffening, act of stiffening or making stiff. 2 State of becoming stiff. 3 Act of tying or hooding a fishing-hook. 4 Hobbling, act of walking awkwardly. 5 Dashing, thumping. 6 Starching. 7‡‡Stalking. 8 ‡‡Gazing, staring. 9 Fowling. **A' s—,** *pr.pt.* of stalc.
stalcaich, *v.a.* see stalc.
stalcair, -ean, *s.m.* One that hobbles or walks awkwardly 2 Dresser of hooks. 3 Starch. 4 Blockhead. 5‡‡ Hunter, fowler, deer-stalker. 6‡‡ Gazer, starer. 7** Arrow-maker. 8**Pacing-horse. 9 Bully. 10 Robust fellow.
stalcaireachd, *s.f.ind.* Stupidity. 2 Occupation of a fowler. 3 Deer-stalking. 4 Habit of staring. 5 Frequent staring or gazing. 6 Business of dressing fishing-hooks. 7 see stalcadh.
stalcanta, -ainte, *a.* Firm, thick, stout, stiff. 2 Rigid. 3 Starched. 4‡ Strong.
————-chd, *s.f.ind.* Firmness, stoutness, robustness, thickness. 2 Stiffness.
stalda,** *a.* Stale.
stall,(CR) *s. m.* Bandage or swathe over the crown of the head and under the chin—*W. of Ross.* 2(DMy) Edge of the floor next the byre in old thatched houses.
stall,‡ *s.m.* Peat-bank.
stàll, *s.m.* Bearing, trim, proper state. Cha'n urrainn mi a thoirt gu s., *I cannot bring it into proper trim.*
stall, *v.a.* Dash violently against.
stalla, -chan, *s.m.* Overhanging rock, lofty precipice, craggy steep. 2††Sea-rock. 3(DMy) Ledge on the face of a rock.
stalla, *a.* Craggy, steep.
stallacaire, -an, *s.m.* Blockhead. **(stalcair)**
————-achd, see stalcaireachd.
stallach,†† *a.* Abounding in sea-rocks.
stallachdach, *a.* Stupidly deaf. 2 Careless. *Argyll.* 3††Foolish.
stalladh, -aidh, *s.m.* Dashing, thumping, dash thump. 2(DC) Solid rock underground—*Uist.*
stallag,(CR) *s.f.* Bandage over the cheeks, as for toothache—*Suth'd.*
stallan, *s.m.* Gaelic form of ***stallion.***
stamac, see stamag.
stamag, -aig, -an, ***s.f.*** **The stomach. 2 Appetite.**
stamb, see stàmp.
————adh, see stàmpadh.
————te, see stàmpte.
stamh,§ -aimh, *s.m.* Sea-girdles, tangle—*laminaria digitata.* Barr-staimh & bragair are the broad leaves on the top. 2(DC) Stalks of the oar-weed—*Uist.* 3* Bull's —— dried for the purpose of lashing horses.
stamha,** *s.m.* Vase.
stamh, *pr.pt.* **a' stamhadh,** *v.a.* Subdue, train, tame, subject, reduce to order 2 Break a young horse. 3 Drub lustily. 4* Press down, compress.
————adh, -aidh, *s.m.* Taming, training or breaking, as of a young horse. 2* Subjection.
stamhnadh,** **-aidh,** *s.m.* Managing. 2 Taming or breaking, as of a young horse. 2 Making pliable.
stamhnaich, *pr pt.* **a' stamhnachadh,** *v.* see stamh.
stamhnaidh, -e, *a.* Manageable. 2 Pliable. 3 Tame.
stàmhor, -oire, *a.* Useful. [stàthail]
stàmp, *pr.pt.* **a' stampadh.** Gaelic form of ***stamp.*** **2 Trample.**
stàmpadh, -aidh, *s.m.* Stamping, act of stamping. 2 Trampling, act of trampling. 3"Tramping" blankets. A cure for leum-droma (lumbago ?) was for a person of different sex to kneel on the patient's back and walk over him on all fours. This was called stàmpadh —DU. **A' s—,** *pr.pt.* of stàmp.
stàmpta, *past pt.* of stàmp. Stamped. 2 Trampled.
stàmpte, see stàmpta.
stàn, (i.e. a stàn) *adv.* Thig a stàn, *come down —Suth'd.* 2 Down, downwards—*Rob Donn.* [Down, below, *form of* a bhàn—‡]
stàn, -àin, *s.m.* see staoin & stàin.
stàn, *pr.pt.* **a' stànadh,** *v.a.* Make awry, bend,
stànadair, *s.m.* Tin-smith, tinker.
stanard,** **-aird, -an,** *s.m.* Stint. 2 Yard-wand. 3 Yard. 4 Upright piece of wood to which is affixed the rock of a spinning-wheel. Gun s., *without stint.*
stang, -aing, -an, *s.m.* Pool, standing water. 2 Ditch, trench. 3‡‡Sting. 4**Peg, pin. 5* Tank.
stang, *v.a.* Sting as a bee."
————ach, -aiche, *a.* In pools. 2 Full of pegs. 3 Pettish. 4 Having upright horns. 5 Full of ditches or trenches. 6 Drained, trenched, as land. Gabhair nan adhaircean s,, *the upright-horned goats.*
stangach,(AF) *s.m.* Beast with upright horns.
stangaich,** *v.a.* Dig a ditch or trench.
stangail, *v.a.* Fit a hook to a fishing-line, *prov.*
stangan, -ain, -an, *s.m., dim.* of stang. Little pool or ditch.
stanganach, -aiche, *a.* Abounding in little pools or ditches.
stangar,†† -air, *s.m.* Stickleback.
stangaram, -aim, *s. m.* Sticklebacs, stinger—*Dàin I. Ghobha.*
stangarra,(AF) see stangar.
stann, -a, -an, *s. m.* Tub, vat. 2 Meal-tub. 3 Stall, stand, stance, as at a market. [stanna —McL & D.]
stannach,†† *a.* Abounding in large vats.
stanna-cléithe, -n- *s. f.* Worm-stand. 2 Tub, vat, worm-tub. (p. 731.)
stannadh, *Hebrides* for stamhnadh.
stannair(e),(AF) *s.m.* Buzzard.
stannart, -airt, -an, *s.m.* Stint, limit, bound. 2 Yard in measure. 3 Measuring-wand. 3 Affected shyness, coyness. 4††Gauge. 5 Gaelic form of *standard.* see stanard.
————ach, -aiche, *a.* Affected, coy, shy. 2 Pertaining to standards or gauges.
————achd, *s.f.* see stannart.
stannd, *s.m.* see stanna.
stannt, see stanna.
staof,** *a.* Gaelic form of ***stiff.***
staofainn,** ***s.f.*** **Starch. Gaelic form of** ***stiffing.***
staoig, -e, -ean, *s.f.* Collop, steak, piece of flesh, cutlet. 2(DC) Senseless woman—*Uist.* 3 Tax. S.-rathaid, *blackmail—Perthsh.,* (cis-mheachainn in *Argyll.*)
staoig,* *v.a.* Cut into clumsy steaks or lumps.
staoigeach, -eiche, *a* Abounding in collops. 2 Like a collop or steak.
staoigich,(MS) *v.a.* Hack.
staoile, see staoileadh.
staoileadh, *s. m.* Title, style. **Staoileadh Eirinn, stéidh na creidimh,** *Ireland's title. Faith's defender—Donn. Bàn, p. 30.* 'Se Gleann Urchaidh do staoile(adh), *" Glenorchy " is your style or title—Donn. Bàn, p. 36.*
staoin, *a.* Awry, oblique, bending, crooked. 2 Shallow. 3 (DU) " Soft," silly, applied to a person lacking in perspicacity. **Truinnsear s., *a shallow tin plate—Dàin I. Ghobha.***

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

staoin, -e, *s.f.* Pewter. 2 Tin. 3 *in derision,* Soft, inactive fellow. 4 Lazine s.
staoin,§ -e, *s.f.* Juniper, see aitionn. 2 see eidheann thalmhainn. Caoruinn staoine, *juniper berries.*
staoineach, -eiche, *a.* Abounding in pewter. 2 Like pewter. 3 Like tin. 4 Lazy, inactive.
————-d, *s.f.ind.* Laziness, inactivity.
staoineag, -eig, -an, *s.f.* Juniper-berry. 2 Silly or foolish woman.
staon, -a, *a.* Awry, askew, oblique, inclined, crooked, bent.
staon, *v.a.* see staonaich.
staonach, *a.* Crooked, wily—*Dàin I. Ghobha.* 2 **Apt to bend or turn. 3 Oblique. 2 see staon.
staonachadh, -aidh, *s.m.* Bending, act of bending or making awry. 2 Curbing, act of curbing or restraining. 3 Bending, obliquity. 4 Bias, inclination. A' s—, *pr.pt.* of staonaich.
staonadh, -aidh, *s.m. & pr.pt.* see staonachadh.
staonag,* -aig, -an, *s.f.* Slaver, spittle, snot.
————ach,* -aiche, *a.* Catarrhal, abounding in spittle, snotty.
staonaich, *v. a.* Bend, incline, make awry. 2 Curb, restrain.
————te, *past pt.* of staonaich. Bent, made awry, inclined. 2 Restrained, curbed.
staonard,** -aird, *s.m.* Crick in the neck.
staonta, *past pt.* of staon, see staonaichte.
staorum, -uim, *s.m.* Bending of the body to one side.
stap,** -a, -an, *s.m.* Step, as of a stair. 2 Step of a dance. 3 Step, pace.
stapach,** *a.* Having steps. 2 Stepping, pacing.
stapag, -aig, -an, *s.f.* Mixture of meal and cream, milk or cold water, crowdie.
stapagach, *a.* " Dùthaich nan stapag," or " am fearann stapagach," is the name given to Trotternish, (Skye) by the MacLeods. The compiler has lively recollections of partaking of stapag uachdair in Trotternish over 20 years ago.
stapal, -ail, *s.m.* **Lamp. 2 see stapull.
staplaich, -e, *s.f.* Loud noise. 2 One of the noises of the sea.
staplainneach, -eiche, *a.* Noisy.
staplan, -ain, *s.m.* Noise of the sea.
stapull, -uill, *s.m.* Bar, bolt, staple. 2**Link. 3 Torch. 4 see stabull. S. nan spéilearan, *runner-staple of a cart.*
stapullach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, bolts, bars or staples. 2 Like a bolt, bar or staple.
starach,(CR) *a.* Sagacious, wily, cunning, artful—*Suth'd.*
————d,* *s.f.ind.* Romping, blustering.
staraidheachd, *s.f.ind.* Chicane.
stararaich, see dairirich.
starbanach,* *s.m.* Stout fellow.
starbhan,** -ain, *s.m.* Noise. 2 Rustling noise.
————ach, -aich, *s.m.* Strong, robust fellow. Dithis s., *two robust men.*
————ach, -aiche, *a.* Firm, steady. 2 Robust. 3 Noisy, rustling.
starbhanachd,** *s.f.ind.* Stoutness, robustness. 2 Steadiness, firmness.
starbhanaich,** *s.f.* Continued noise. 2 Continued rustling noise.
starcach, -aiche, *a.* Firm.
starcaiche, *s.f.ind.* Firmness.
stard,* *s.f.* Moon-eye.
stard-shuileach,* -eiche, *a.* see starr-shuileach.
starn,* -airn, -airnean, *s.m.* Upstart.
————,(DU) *s.f.* Pride, haughtiness, conceit.
starnach,** *a.* Like an upstart.
starr,* *v. n.* Shove violently, dash. 2 Propel, push with a jerk. (sparr)
starr,* *s.m.* **Sort of grass.—*Lewis.*** [seasg in *Argyll.*]
starrach,** *a.* Propelling, pushing. 2(DMK)see starach.
starrachd, *s. f.* Roaming—*Skye.* 2 Taking a walk—*Skye.*
starradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Sudden and violent motion. 2 Whim, freak, odd fancy. 3 Failing, imperfection. 4 Fit of anger, passion. 5 Tramping. 6‡‡Leap, start. 7‡ Pushing violently, dashing against. 8 (DMy) Twist of the head and neck to one side. Cnap-starradh, *a stumbling-block, obstruction ; ball on the end of a spear.*
starrag,¶ *s.f.* see feannag ghlas. Hooded crow—*Harris.*
starrag †† -aig, -an, *s f.* Wry-neck, twist.
————ach, *a.* Having a wry-neck, twisted.
starraich,* *s.f.* Complete intoxication.
starrair,** *s.m.* Historian.
starram,†† -aim, *s.m.* Noise, din, tramping.¶
starran, *s. m.* Place for crossing a river or soft ground on stones, stepping-stones—*Lewis.*
starran, -ain, -an, *s.m.* Old dwarf.
starr-chosail, -e, *s.f.* Staggering.
starr-fhiacail, -cla, -an, *s.m.* Tusk, gag-tooth.
starr-fhiaclach, -aiche, *a.* Having gag-teeth.
starrs,* *s.m.* Gaelic form of *starch.*
starrsach,* *s.f.* see stairsneach.
starrsaich,* *v.a.* Starch, stiffen.
starr-shuileach, -eiche, *a.* Having the eyes distorted, squint-eyed, moon-eyed.
starr-shuilich,(MS) *v.a.* Stare.
starsach,(AC) see stairsneach.
stàt, -àit, *s.m.* Pride, haughtiness.
stàta, *s.m.* State, government.
stàtail, -e, *a.* Stately, proud, self-sufficient.
statalachd, *s.f.ind.* Stateliness, air of importance.
stàth,* *s.m.* Good purpose or end. 2 Use, benefit. Gnothach air bheag s., *a thing worth little ;* cha'n 'eil s. an sin dhuit, *that serves no end to you ;* cha'n 'eil s. a bhi 'tighinn air sin, *to speak of that serves no good purpose ;* cha 'n 'eil s. air seo, *this is useless ;* cha'n 'eil fios air s. an tobair gus an traigh e, *the value of the well is not realized till it dries—Arran ;* tha do mhathair fo dhùbhròn agus t' athair gun sunnd air ri stàth ! *your mother is in deep sorrow and your father takes no pleasure in doing anything useful—Duanaire, p 13.*
stath,(DC) *a.* Supporting.
stuadh, -uaidh, *n. pl.* -an, -annan, stuaidhean & stuaidh, *dat. pl.* stuadhaibh, *s.f.* Wave, billow. 2 Summit of a mountain. 3 Pinnacle. 4 Pillar, column. 5 Gable of a house. [Gable of a house built of stone and lime, see note under binneag—JM.] 6 Wall of a house. 7 Sheet of paper. 8 Scroll. 9 Flush on the face from anger. 10** Undulation. 11** *rarely,* Street. 12(DU) Weal formed by the lash. An stuadhaibh deataich, *in pillars of smoke;* s. osaig air an fheur, *the grass undulating with the breeze;* iomall nan stuadh, *the shore;* o stuaidh an t-sàil, *from the briny billow;* casan 'nan stuadhan dearga, *legs covered with red weals.*
stuadh, *v.* see stuaidh.
stuadhach, -aiche, *a.* Billowy, surgy. 2 Having huge waves. 3 Peaked, having peaks or cliffs. 4 Pinnacled. 5 Having pillars. 6 Having thick walls or gables. 7**Tempestuous. Ruith sinn o 'n chuan s., *we sailed before the tempestuous sea.*
stuadhadh,* -aidh, *s.m.* Approaching, approximating. 2 Coming near in excellence. A' s—, *pr.pt.* of stuadh.
stuadh-bheannach, -aiche, *a.* Abounding in lofty or peaked hills.
stuadh-bheinn, -bheanntan, *s.f.* Lofty and peaked mountain. 2**Stormy hill. Mullach nan stuadh-bheann, *the top of the stormy hills.*
stuagh-bhraighaideach,** *a.* Stiff-necked.
stuadh-chorrach,*a.* Having mountain-like waves *Òran nam fineachan.*
stuadh-ghlas, -aise, *a.* Having azure, or green waves, as the sea. 2 Having grey walls. A' mhuir s., *the green-waved sea.*
stuadh-ghreannach, -aiche, *a.* Wave-furrowed. 2**Tempestuous, as the sea.
stuadhmhor, -oire, *a.* Broad-chested (of horses.) 2* Proud, high-spirited. 3 see stuadhach. Each s., *a high-spirited horse.*
stuagh, -aigh, see stuadh.
stuaghar, see stuadhmhor.
stuaic,(CR) *s.f.* Glum or sullen look—*Suth'd.* 2 Wry neck—*Arran.* see stùic.
stuaic, -e, -ean, *s.f.* Little hill, projecting crag, cliff or hillock, small round promontory. [‡‡stuaichd.]
†stuaidh,* *s.f.* see stuadh. 2 (AF) Flock or herd of animals. Dà uan as an s. mhóir, *two lambs from the great flock.*
stuaidh,* *v. n.* Come near, approximate. Cha stuaidh thu air, *you will not come near him; this will not approximate it;* cha stuaidh seo air a lionadh, *this will not nearly fill it.*
stuaidh, *gen.sing.* of stuadh.
stuaidh-bhuinnach,**a* High-spirited. 2 Quick-paced. Each s., *a quick-paced horse.*
stuaigh, see stuaidh.
stuaim,-e & stuama,*s.f.*Temperance,moderation. 2 Modesty, bashfulness. 3 Guardedness. 4 Continence. 5 *rarely,* Air, mien. A' reusonachadh mu fhìreantachd, s. agus breitheanas, *reasoning about righteousness, temperance and judyment;* s. agus macantas, *meekness and modesty;* geal làmh na stuama, *the fair, prudent (cautious) hand;* a' teagasg sutama, *teaching us to spend our lives soberly.*
stuama, -aime, *a.* Temperate, moderate, abstemious, sober. 2 Continent. 3 Modest, bashful.
stuamach, -aiche, *a.* see stuama.
———d, *s.f.ind.* Temperance, sobriety, moderation. 2 Continence. 3 Modesty.
stuamag, -aig, -an, *s.f.* Modest woman.
stubh,** -a, *s.m.* see stuth.
stubhach, see stuach.
stubhachd,(MS) *s.f.* Substantiality.
stùc, -ùic, *pl.* -an & -annan. 2**Baluster.
stùc, -ùic, *pl.* -an & -annan, *s.f.* Little hill jutting out from a greater, steep on one side and rounded on the other. 2 Cliff. 3 Pinnacle of a roof. 4 Horn. 5††Scowl. 6 Rock. 7*Lump. 8 see stùic. 9* Conical steep rock. 10*Precipice. Aig bun na stùic, *at the foot of the rock;* an sealgair air na stùcaibh, *the hunter on the rocks.*
——ach, -aiche, *a.* Abounding in small projecting hills. 2 Abounding in cliffs or rocky pinnacles. 3**Craggy. 4†† Scowling, surly, morose. 5 Looking sideways. 6**Stiff, rigid. 7**Horned. 8 Hilly, rocky, rugged. 9**Prominent. 10* Full of bare rocks. 11††Jutting.
stucach,* *a.* Not inflammable.
——air, -ean, *s.m.* One that looks sideways. 2 Stiff, formal person. 3 Conceited fellow. 4 Churl, surly fellow.
——aireachd, *s.f.* Stiffness, coldness. 2 Looking askance. 3 Scowling. 4 Surliness.
——an, -ain, -an, *s.m.,dim.* of stùc. Little jutting hill. 2 Conical hill. 3 Rick or shock of corn.
——anach, -aiche, *a.* Abounding in projecting cliffs, hillocks or rocks. 2 Abounding in ricks or shocks of corn. 3 Having little hills.
stucanach, *a.* Established.
stùchd, -ùichd, see stùc.
———ach, see stùcach & stùiceach.
———air, see stucair.
———an, see stùcan.
stùc-bheinn,** *gen.pl.* -bheann,*s.f.* Rocky mountain. 2 Precipitous hill. A' siubhal nan s.-bheann, *travelling over rocky mountains.*
stùc-shread,** *s.* Balustrade.
stughaig,* *v.a.* Starch.
stuib, *gen.sing. & n.pl.* of stob.
stuic, *gen.sing.& n.pl.* of stoc.
stùic, -e, -ean, *s.f.* see stuaic. 2 Angry gloomy look. 3 Surliness, lowering expression. 4** Scowling side-look of a bull or any quadruped. 4* Scowling side-look of a morose person. 6 Wry neck and sullen countenance. 7 Extreme boorishness. [* gives stuaic for 6.]
——each, -eiche, *a.* Surly, morose.
——eag, -eig, -an, *s.f.* Surly or angry-looking woman.
stùicear, see stùcair.
stùichd, see stùic.
stuidear, -an, *s.m.* Student. 2 Study.
———ra,* *a.* Contemplative, studious. 2 Composed, steady. 3††Morose.
———rach, *a.* Studious, see stuidearra.
†———rach, -aich, *s.m.* Student
———rachd,* *s.f.ind.* Study, meditation, studiousness. 2 Composure. 3††Moroseness.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

stuig, *pr.pt.* a' stuigeadh, *v.a.* Incite, spur on. as dogs. 2* Instigate,
stùig,(CR) *a.* Projecting, jutting out.—*Perthshire.*
stuig,* see stic, *s.*
stuigeadh, -idh, *s.m.* Inciting, act of inciting or spurring on, as of dogs. A' s—, *pr.pt.* of stuig.
stuirc,(DMy) see stùic 4.
stuirc(hd), *s.pl.* Storks—*Dàin Iain Ghobha.*
stùird, -ean, *s.m.* Vertigo. 2 Sturdy, a disease in sheep caused by water in the head. 3 Drunkenness.
stùirdean, -ein, *s.m.* see stùird.
stuirichd,** *s.f.* Pinnacle.
stuirt, -e, *s.f.* Huffiness, sulkiness. 2 Pride. 3 (MS) Prudery. 4 Resolution, firmness of mind. 5 Gravity,sedateness,assumed gravity. 6††Anger
stuirtealachd, *s.f.* Sulkiness, sullenness, moroseness. 2 Intractableness, see stuirt.
stuirteil, -e, *a.* Sullen. supercilious. 2 Resolute. 3 Steady, grave, sedate. 4 Dignified and morose but insignificant. 5††Angry. 6 (MS) Prudish. 7(DU) Sulky, huffy.
stulcach, -aiche, *a.* Stubbed.
stulp,(CR) *s.m.* Knob, as of a chair or bed—*Perthshire.* 2(AH) Dour, taciturn, inaffable person, more often applied to a woman than a man.
stumpach,** *a.* Stumpy.
stùr, *v.a.* Cover or obscure with dust.
stùr, -ùir, *s.m.* Dust motes. 2 see stòr. Lur gun s., *an unsullied diamond;* daoimean nach gabh s., *a diamond that catches no dust;* cuir s. riu, *disperse them, scatter them as dust.*
stùrach, -aiche, *a.* Full of dust. 2 Of, or belonging to dust, dusty.
————d, *s.f.ind* Dustiness.
stùradh, -aidh, *s.m.* Act of covering or obscuring with dirt or dust. A' s—, *pr.pt.* of stùr.
stùrd, see stùird & sturdan.
stùrdail, see stùird.
stùrdail,** *a.* Surly.
sturdan,* -ain, *s.m.* The plant darnel. 2 see stùird.
stùrr, -a, -an, *s.m.* The rugged point of a rock or hill. 2 Surliness.
stùrrach, -aiche, *a.* Rough, rugged, uneven. 2 Rough, surly in temper. 3††Rocky.
sturrag, -aig, -an, *s.f.* Turret. 2 Pinnacle. 3** Butting cliff. 4††Little hill.
——-—ach, -aiche, *a.* Pinnacled. 2 Turreted. 3 Like a turret or pinnacle.
sturraic, -e, -ean, *s.f.* ††Head or cap turned to one side. 2 see stùrr.
————each, -eiche, *a.* see stùrrach.
sturraicean, -ein, -an, *s.m.* Undress for a woman's head. *prov.*
sturrail, -e, *a.* Gross, thick.
sturranta, -ainte, *a.* Gross, thick, fat.
stùrt, see stùirt & stùird.
——-ail, see stùirteil.
——-aileachd, see stùirtealachd.
stuth, -uith & -uithe, *pl* -an & -uithean, *s.m.* Metal. 2 Any stuff, substance, matter or body. 3 Eatables, anything eatable. 4 Strong drink of any kind. 5 Camlet, kind of cloth made of wool and goat's hair. 6**Serge. 7‡‡Corn 8 Strength. 9**Mettle. 10*Particle. 11(DMy) Kind of cloth made in olden times for petticoats and jackets for women (còta stuth, seacaid stuth.) The worsted or thread used was spun on the distaff and the thread required to be very even and was pressed, the process being termed *lisreagadh*, and the press employed, *am "press" lisreagaidh.* Gach s. a tu' agam, *everything I possess;* droch s., *bad stuff;* cha bhi s. ort, *nothing will be wrong with you;* s. na Toiseachd, *the stuff of Ferintosh,* i.e. *whisky;* deagh s., *good stuff.*
stuthadh,(MS) *s.m.* Afflux.
stuthaidh,(DMK) *s.f.* Large buoy usually made of the skin of a dog, and used to mark the off end of a drift of nets or long fishing-line—*W. coast of Ross, Argyllsh. & Inverness-sh.*
stuthaig, *s.f.* Starch.
stuthaig, *pr.pt.* a' stuthaigeadh, *v. a.* Stiffen, dress with starch.
————eadh, -idh, *s. m.* Starch, starching, act of starching.
————te, *past pt.* of stuthaig. Starched, dressed with starch.
stuthail,** *a.* High-mettled. 2 Of good stuff. 3 Tough, pithy, hardy. 4 Infinitive in *gram.*
suab, *s.m.* When fishing-lines are set, suab is the portion over and above the depth of the sea. Pùt suab, see under pùt.
stuth-chridhe,* *s.m.* Cordial.
stuth-curainn, *s.m.* Tammy.
†suabus, -uis, *s.m.* Disease in horses by which their gums grow over their teeth.
†suabh,** *a.* Mild, gentle, mannerly.
†————as,** *s.m.* Mildness, mannerliness.
suabharaich,(AC) *v.a.* Illumine, explain. S. oirnn e, *explain it to us.*
suacan, -ain, -an, *s.m.* Earthen pot, earthen furnace, crucible. 2 Crosiet. 3††Awkward mixture, anything wrought together awkwardly, as clay. 4 Basket containing wood, hung in the chimney to dry; s. cre, *an earthen furnace*
suacan-leaghaidh, *s.m.* Fining-pot.
suadh, *v.* see suath.
————,* see suaidh.
————,** *a.* Prudent, discreet.
†suadh, -aidh, *s.m.* Advice, counsel. 2 Learned man.
suadhadh, -aidh, *s.m.* Rubbing, friction.
suag,** -aig, *s.f.* Rope, cable.
-——air,** *s.m.* Rope-maker.
suaib, see suaip.
suaib-chuthaich, *s.f.* Touch of madness. Is trie a bha s. air leanabh bodaich, *an old man's child has often had a touch of madness.*
suaibe,* *s.f.* Oar.
suaibhreach,** *a.* Gentle, quiet. 2 Not proud. 3 Easy.
suaicean, -ein, -an, *s.m.* Bundle of straw or hay twisted together. 2 Deformed person. 3 see sùicean. 4(AF) Pet calf or lamb.
suaicheanta, -einte, *a.* Remarkable, notable, signal. 2 Easily known by reason of dress or badge, banner or armorial bearings. 3 Emblematic. 4††Conspicuous. 3††Rare. 6 New, novel. Eididh s., *a notable dress, conspicuous dress.*
suaicheanteach, -aiche, *a.* Armorial, heraldic.
————-————d, *s.f.* Blazonry, heraldry.
suaicheantaich, *v.a.* Emblazon. [er.
————————e, *s.m.*** Herald, standard-bear-
suaicheantas, -ais, *s.m.* Flag, streamer, ensign, standard, flag of a boat having crest or design on it, as that of a yacht-club, &c. 2 Escutcheon. 3 Any distinguishing mark. 4 Badge, crest. 5 Novelty,curiosity,rarity. 6 Portent. 7 Cockade. 8††Decoration. Cha s. còrr air cladach, *a heron on the shore is no novelty*—no sign of anything wonderful about to happen; dha 'm bu s. giubhas, *whose badge was the pine;* slat-sùi ichean tais, *a sceptre.*
suaicheantas. see suaicheantas.
suaidh,* *v a.* see suadh.
————te,* see suathta.
suaigh,** *a.* Prosperous.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Original from
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

suail, -e, *a.* Small, inconsiderable, moderate, insignificant, mean.
suaile,** *a.* Weak. 2 Weary. 3 Pale. 4 Dejected.
suaill,** *s.f.* Small quantity.
——,** *a.* see suail.
suailmheasta,** *a.* Homely, ordinary.
suaim,** *s.f.* Sound, tone, note. accent.
suaimh,* *s.m.* Luxurious kind of rest.
suaimhne, see suaimhneas.
suaimhneach, -eiche, *a.* Quiet, calm, secure, safe, composed, gentle, tranquil. 2‡ Genial. 3*Enjoying a kind of luxury in ease and quiet, as after great danger or fatigue. Gu e., *composedly.*
suaimhneas, -eis, -an, *s.m.* Rest, quietness, security, calmness, peace, repose. 2 Luxury of ease and rest. 3* Great tranquility or quiet. Bheir mise s. dhuibh, *I will give you rest ;* greim tioram is s. leis, *a dry morsel in peace.*
————ach, see suaimhneach. Is s. an ribhinn òg, *sedate is the young maiden.*
suaimhnich,** *v.n.* Take rest, be at rest, take ease.
suain,(CR) *s.f.* Cord fastening the skin of a buoy round the edge of the wooden disc—*W. of Ross-shire.*
suain, -e, *s.f.* Sleep, deep sleep. O sh. an éig, *from the sleep of death.*
suain, *v. a.* Wreathe round, envelope or twist a cord or rope round anything. [††suaineadh.]
suain-airm,** *s.m.* Dormitory.
suaineach, -eiche, *a.* Sleepy. 2 Causing sleep, narcotic. 3 Plaid. 4 Lethargic. 5* In a sound sleep.
suaineach,(DC) *s.m.* Sleepy person. 2 (DU) *s.f.* Narcotic. Is mis' a ghabh an t-s. á làimh mhic Ghillanndrais, *it was I who took the narcotic from the hand of Gillanders' son.*
suaineach, (DMy) *s. m.* Swede (i. e. a Swedish turnip.)
suaineachan, -ain, *s.m.* Sofa.
suaineachd,(MS) *s.f.* Sleepiness.
suaineadh, -idh, *s.m.* Twisting, act of twisting a rope round anything, wreathing, entwining. 2 The rope used for twisting round anything. 3 Roof of a house. A' s—, *pr.pt.* of suain.
suaineadh-muineil, *s.m.* Cravat.
suaineag,(DC) *s.f.* Girl up to three months of of age, during which period she sleeps most of her time.
suaineamh,** -eimh, *s.m.* Confluence of rivers.
suainean,(DC) *s.m.* Boy up to three months of age, during which period he sleeps most of his time.
———, -ein, -an, *s.m.* Thong, string. 2 Envelope. 3 (MS) Nap of sleep.
———ach,†† *a.* Abounding in thongs or envelopes.
suaineartach, -aiche, *a.* Sound asleep, narcotic, that sleeps soundly.
suaineas, -ais, *s. m.* Twist. Càradh suaineis gruag do chinn, *the twisted arrangement of the hair of your head—W. Ross, p. 38.*
suain-ghalar, -air, -an, *s.m.* Lethargy, habitual drowsiness.
suainich, *v.a.* see suain.
suainig,(MS) *v.a.* Swaddle. [suainich.]
suain lann, *s.* Dormitory.
suaimhor, see suaineach.
————achd, *s.f.ind.* Sleepiness.
suaint,(DMK) *adv.* High degree of excellence. Tha e s. maith, *it is exceedingly good—Caithness.*
suainte,(AH) *a.* Quiet, peaceable. 2 Circumspect. *Easter Ross.*
suaip, -e, -ean, *s. f.* Likeness, faint resemblance. 2 Exchange of commodities, bartering. Tha s. eatorra, *they somewhat resemble one another,* rinn iad s., *they have bartered commodities.* ha s. mhór aige ris, *he has a great resemblance to him.*
suaip, *v.a.* Exchange or barter commodities, swap. Sh. iad na h-eich, *they exchanged the horses.*
———each, -eiche, *a.* Exchanging, bartering. 2 Fond of bartering.
suaipeachail,(MS) *a.* Sweepy.
suaipeadh,-idh, *s.m.* Exchanging, act of exchanging commodities. A' s—, *pr.pt.* of suaip.
suairc, -e, *a.* Civil, kind, affable, polite. 2 Meek, gentle. 3 Urbane. 4 Courtly. 5 Generous. 6 Accostable. 7**Amicable. Le giùlan s., *with generous conduct;* s. sìobhalta, *affable and civil.*
suairceachd,* *s.f.* see suaircead.
suaircead, -eid, *s.m.* Civility, degree of civility, kindness or affability.
suaircealachd, *s.f.* Gentleness. 2 Mannerliness.
suaircean,(AC) *s.m.* Bird. 2 (DMu) Term of endearment, applied to a meek and lovable man—*Black Isle.*
suairceas, -eis, *s. m.* Urbanity, affability. 2 Kindness, gentleness. 3** Amicableness. 4 Civility, complaisance. 5*Politeness. Gun s. ri damhaich, *unkind to strangers—MacCodrum.*
suaite, see suaithte.
suaiteachan, -ain, *s.m.* Shrugging of the shoulders. 2 Rubbing the body against the clothes. 3**Mixer. 4**Kneader.
suaiteachanach,-aiche,*a.*That shrugs the shoulders and rubs the body against the clothes.
†suaiteachd, *s.f.ind.* Fatigue, labour. 2 Tempering. 3 Mixing together. [Seeming.
suaitheantas, *s. m.* see suaicheantas. 2 (MS)
suaithte, *past pt.* of suath. Rubbed. 2 Kneaded. 3 Mixed. 4 Much broken, fatigued. 5** Stirred about, as posset.
sual,** -aile, *a.* Famous, renowned. [This and following word are spelt *suall* by ** in his appendix.]
——,** -ail, *s.m.* Wonder. 2 Tumours—*Sàr-Obair.*
sualach,** *a.* Famous, admirable.
suamhnas, see suaimhneas.
suan, -uain, see suain.
suanach, -aiche, -aichean, *s. f.* Hide, skin. 2 Plough-rein. 3 Covering or coarse garment. 4 Fleece. 5**Pall. 6 Plaid. 7* Mantle. Gun s., *without covering.*
suanaich, *s.pl.* Tha 'mhacraidh 'nan s. fo stéidh nam ballachan, *the race* (lit. *sons*) *are sleeping lower than the foundations of the walls—Filidh, p. 60.*
suanaran,** -ain, *s.m.* Sleeper.
suantach,** *a.* Lethargic, drowsy. 2 Narcotic.
suarach, -aiche, *a.* Insignificant, trifling, of little worth, valueless, not valuable, paltry, abject, mean. 2 Despised, contemned, of no repute. 3 Trifling. 4 Contemptible, silly. 5* Indifferent. Dealbh s., *a despised idol ;* na cuir s., *do not despise ;* tha mi s. uime, *I am indifferent about it;* duine no ni suarach, *a paltry person or thing;* bu shuarach dhuit ged a dheanadh tu sin, *it were a light matter though you should do that ;* gnothach s., *a paltry or shabby thing ;* cuir s., *despise.*
suarach,‡ *a.* Careless.
suarachan,(WC) *s.m.* Worthless person.
suarachas, -ais, *s.m.* Neglect, abjectness, indifference. 2 Insignificance. 3 Contempt. 4* Nought, trifling nature or quality. S. an ni seo, *the contemptible nature of this thing;* na cuir an s. an ni seo, *do not set this thing at nought, do not make light of it.*
suaraich, *v.a.* Derogate.
suaraiche, *s.f.* see suarachas. 2 *comp.* of *a.* suar-

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

ach.
suaraichead, -eid, *s.f.* Meanness, degree of meanness or insignificance. 2* Contemptibleness. 3**Diminution in value. 4* Degree of indifference. A' dol an s. uime, *getting more indifferent about it.*
suaraicheas, see suarachas.
suarcas,** -ais, *s. m.* Wit, drollery.
suarrach, -aiche, see suarach.
suarrachas, see suarachas.
suarrachd,(MS) *s.f.* Baldness.
suas, (i.e. a suas) *adv.* Up, upward, (away from one.) 2 Westwards. Shuas, *above, above there, above yonder ;* o seo s., *henceforth ;* thoir s. ort! *up with you !* chaidh e s., *he went up ;* chaidh e suas air beinn, *he went up into (on) a mountain ;* cha'n 'eil a suas air fichead ann, *there are not more than twenty* (lit. *in it) ;* sìos is s., *eastward and westward* (on the E. coast); tog s., *rear, educate ;* dean s., *make up, constitute. Suas* also conveys the idea of *resting* when completion of movement upwards is meant, as, tha e s., *he* or *it is above ;* suas leis a' Ghàidhlig ! *up with the Gaelic !*
†suas, -ais, *s.m.* Urbanity.
suasaid, see tuasaid.
†suas-mhol, *v.a.* Magnify, extol, flatter, exalt, puff up.
suath, *pr.pt.* a' suathadh, *v. a.* Rub, wipe. 2 Mix any soft substances together. 3 Stir, or move about, as porridge or any inspissated substance. 4 Mash, as potatoes. 5 Knead. 6 Thrash out barley by rubbing it with the feet. 7**Claw. 8**Temper. 9 Foment. 10 Fray. 11 Chafe.
suathach,†† *a.* Rubbing. 2 Afflicted.
suathadair, -ean, *s.m.* Rubber.
————eachd,†† *s.f.* Rubbing.
suathadh, -aidh, *s.m.* Rubbing, act of rubbing or wiping, friction. 2 Act of mixing any soft substances together. 3 Act of stirring or moving anything about. 4 Mode of thrashing barley by rubbing it with the feet. 5 Kneading. 6 Affliction. 7†† Wringing of the hands. Is fèarr s. ri crois na fuaigheal ri crois, *better rub against a pest than be bound to a pest ;* aol-tàthaidh gun s., *untempered mortar.* A' s—, *pr.pt.* of suath.
suathaid,(DMy) *a.* Notable.
————eas,(DMy) *s.n.* Mark or cut caused by a blow. Is tu a chuir an s. orm, *how you have marked me !*
suathan-innseanaich, *s.m.* India-rubber.
suathran,** *s.m.* Vertigo.
suathta, *past pt.* of suath. Rubbed. 2*Mashed.
subag,** *s.f.* Hood, kerchief. Currac sùbaig, *a sow-backed match.*
sùbailte, *a.* Supple, flexible, pliant, agile, nimble, elastic. Spiorad s., *a flexible mind.*
————achd, *s. f.* Suppleness, flexibility, nimbleness, elasticity.
subaiste,** *s.f.* Mouth.
subas,** -ais, *s.m.* Mishmash, mess of wild berries and milk.
sùbh, -ùibh, -an, *s.m.* Berry. 2(AH) see sùdh. 3††Fruit generally. 4(AH)Plait, series of plaits or an excision in a garment to tighten it—the opposite of gore.
sùbh, *s m.* Raspberry. [also subh.]
subh, *s. m.* Raspberry. 2 Fruit generally—*Aryll.*
†sùbh, see sùgh.
†subh, -a, *s.m.* Pleasure, delight, joy, mirth.
subhach, -aiche, *a.* Merry, happy, cheerful. Bha iad s , *they were merry.*
————as, -ais, *s.m.* Mirth, happiness, cheerfulness, gladness, merriness, pleasure, joy. Is mairg a dheanadh s. ri dubhachas fir eile, *pity him who rejoices in another's woe ;* deireadh an t-subhachais sin, *the end if that (mirth) laughter.*
subhag, -aig, -an, *s.f.* Raspberry. 2 Strawberry, see sùbh-thalmhainn. [‡also sùbhag.]
————ach, -aiche, *a.* Abounding in raspberries or strawberries.
sùbhag-làir, *s.f.* Strawberry.
subhaich,(MS) *v.a.* Rejoice.
subhaiche, *s.f.ind.* Happiness, state of being happy or joyful.
subhailc, -e, -ean, *s.f.* Virtue, moral goodness, moral excellence. Bean na s., *a virtuous woman.*
subhailceach, -eiche, *a.* Virtuous, of or pertaining to virtue, moral. Cò a gheibh bean sh., *who can find a virtuous woman ?*
subhailceachd, *s. f.* Virtuousness, quality of possessing virtue.
subhailcead,†† *s.* Degree of virtue.
†subhallach,** *a.* Religious.
†subhaltach, -aiche, *a.* see subhach.
†subhaltas, -ais, *s.m.* see subhachas.
subhan,** -ain, *s.m.* Juice, sap. 2 Water impregnated with the juice of corn-seeds, of which a coagulated kind of food, called sowens, is made. [sùbhan—*Gairloch.*]
sùbhan-làir, see sùbh-làir.
subhar, *a.* see sùghmhor.
sùbh-chraobh, sùibh-ch-, sùbhan-ch-, *s.m.* Raspberry-bush. 2 Any bush that yields wild berries.
sùbh-craobh, sùibh-c-, -an-c-, *s. m.* Raspberry. 2**Dewberry.
sùbh-chraoibh, see sùbh-chraobh.
subhlach,** -aich, *s. m.* Juice pressed out of apples or other fruit. 2 Liquor.
sùbh-làir, -ùibh-, -an-, *s. m.* Wood-strawberry, see sùbh-thalmhainn.
subhmhor, see sùghmhor.
sùbh-nam-ban-min, *s. m.* Stonebramble, see caora-bad-miann. 2 Bogberry.
sùbh-nam-ban-sithe,§ Stonebramble, see caora-bad-miann.
sùbh-thalmhainn,§ *s.m.* Wood-strawberry.
sùblachadh, -aidh, *s.m.* Act of making supple or flexible. A' —s, *pr.pt.* of sùblaich.
sùblaich, *pr.pt.* a' sùblachadh, *v.a. & n.* Make supple or flexible. 2 Grow supple. 3 (DC) Recede, become less in bulk, as a swelling.
sùblaichte, *past pt.* of sùblaich. Made flexible or supple. 2 Grown flexible.
sùcan, -ain, *s. m.* Earthen pot. 2 Anything wrought awkwardly together, as clay.
sùcar, see siùcar.
sùcarach, see siùcarach.
†such, *v.a.* Suck, imbibe. 2 Saturate, fill.
such, *s.m.* Whispering noise.
suchadh, -aidh, *s.m.* †Imbibing. †2Filling, saturating. †3 Wave. 4 Suction, evaporation. A' s—, *pr.pt.* of such.
suchan, -ain, *s.m.* Sucker.
sùchd, *s.m.* Sake, account. Air s. mhaitheis, *for goodness' sake ;* air s. Chriosda, *for Christ's sake ;* air s. nan achd, *for the sake of these objections.*
sùchdar, see siùcar.
sùchta, *past pt.* of such, see sùghta.
†sucraidh, *a.* Easy.
suc ! suc ! (repeated several times) *int.* Call to sheep—*Islay.*
sud, see siod.
sudag,** -aig, *s.f.* Cake.
sudar, *s.m.* Currier.
sùdh, -ùidh,-an, *s.m.* Overlap in planks of a boat, see bàta, B, p. 73.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

†sudh, *a.* Secure.
sùdh, see sùgh.
sùdhair, see sùghmhor.
sùdhar, *a.* see sùghmhor. 2 (MS) Alimental.
sudral,** -ail, *s.m.* Light. 2 Candle.
sùg, -a, *s.m.* Cheerfulness, hilarity, mirth, happiness.
sùg, *pr.pt.* a' sùgadh, *v.a.* Suck, imbibe. 2** Soak. 3**Attract.
sùg,* *s.m.* Lamb. 2 *int.* Mode of calling a lamb —*Argyll.*
sùgach, -aiche, *a.* Merry, cheerful, pleasant, festive. 2 (MS) Humorous, comical. 3(MS)Attractive.
sùgach, -aiche, *a.* Sucking, that sucks.
sùgachas, -ais, *s.m.* Jocularity, mirth.
sùgadh, -aidh, *s.m.* Sucking, act of sucking or imbibing, suction. 2**Attraction. A' *pr. pt.* of sùg.
sùgag, -aig, -an, *s.f.* Little drink or suck.
———,§ -aig, *s.f.* Red clover, see seamrag-chapuill. 2**Bloom of clover, so called from its containing a honeyed juice.
sugag,(G) *s.f.* Sheep—*Islay.*
sùgaich,(MS) *v.a.* Joy.
sùgaiche, *s.f.ind.* Cheerfulness, merriness, hilarity.
sùgaidheachd,** *s.f.* Joyousness.
sùgair, -ean, *s.m.* Droll or merry fellow, merry-andrew. 2 Sucker. 3 Mountebank.
sùgair,* *v.n.* Make merry, sport.
———eachd, *s.f.* Drollery, buffoonery.
sùgan, -ain, -an, *s. m.* Rope of twisted straw. 2 Rope of twisted heath. 3(DC)Thatch-rope—*Uist.* 4 Horse's collar—*Mull & Islay.* 5** Straw collar for cattle. Corra-shùgan, *a twist-handle.*
sugan, -ain, -an, *s.m.* Pet lamb.
sùgan, *s.m.* (i. e. corra-shugain) The reflection of the rays of light on the walls or roof of a house, from any luminous body in motion.
sùganach, -aiche, *a.* Abounding in straw-ropes. 2 Like a straw-rope.
sugar,** *s.m.* Band for the neck.
sùgh, -a & -ùigh, *pl.* -an, *s.m.* Juice, sap, moisture. 2 Sense, meaning. 3 Wave, billow. 4 Substance. 5**Berry. 6‡‡ Juice of meat, broth. 7‡‡Motion of the waves. 8* Huge receding wave. 9* Dearest object, darling. A shùgh mo chridhe ! *my dearest ! my darling !* s. feòla, *soup ;* tha 'n s. fuar, *the moisture on the earth is cold ;* gnothach gun s., *a senseless or sapless affair ;* s. nan ubhal, *the sap of the apples ;* s. nan grànn-ubhall, *the juice of the pomegranates ;* s. am poit, *broth in a pot ;* druim nan s., *the backs of the waves ;* a ceann ris na sùghaibh, *her head against the billows.* [*pl.* sùghaichean in *Sgeul.nan caol, p. 101*—Na sùghaichean lùn-corrach, sìnteach a' gleannadh gu Cinn Inbhir-Àir, *the billows and their troughs rolling towards the Heads of Ayr.*]
sùgh, *v.a. & n.* Drain, dry, dry up, drink up. 2 Become dry, dry up. 3 Suck in, imbibe, swalow as if by suction. 4 Absorb. 5 Evaporate. 6 Season, shrink, as wood. 7 Extract. 8(DMy) Drip.
Sh. e 'm fallus, *it absorbed the perspiration ;* sh. am fiodh, *the wood seasoned ;* sh. an t-ombar an dùradan á m' shùil, *the amber extracted the mote from my eye ;* sh. an còs an t-uisge, *the sponge absorbed the water ;* s. ort e, *suck it in ;* sh. a' phòit, *the pot dried up ;* sh. a h-uile deur, *every drop evaporated.*
sùghach, -aiche, *a.* Attractive. 2‡‡Juicy. 3** Abounding in berries.
sùghachan, *s.m.* Syphon.
sùghadair,(MS) *s.m.* Attracter.
sùghadh, -aidh, *s. m.* Draining, act of draining, drying up or drinking up. 2 State of becoming dry. 3 Sucking, act of sucking or swallowing. 4**Absorption. 5 Seasoning, as wood. 6 Motion of the waves. 7 Leakage—*Dàin I. Ghobha.* 8*Extracting the juice. A' s—, *pr. pt.* of sùgh. S. nan tonn, *the flux and reflux of the waves ;* tha 'm fiodh air s., *the wood is seasoned ;* a' s. an smior as, *extracting the very marrow from it;* thug an s. leis e, *the receding waves carried it away.*
sùghag, see sùbhag.
sùghail, -e, *a.* see sùghmhor.
†sùghainte, -an, *s.f.* Whirlpool, gulf.
sùghair, see sùghmhor.
sùghaireachd,* *s.f.* see sùghmhorachd.
sùghalachd,(MS) *s.f.* Alimentariness.
sùghan, -ain, *s.m.* Juice of sowens, or liquid from which they are made by boiling. (sùbhan.)
sùghanach, see sùghmhor.
sùgh an daraich,§ *s.m.* Mistletoe, see uil'-ioc.
sùghar, see sùghmhor.
sùgh-bhrìgh, see sùgh-bruich.
sugh-bhrìgheach, *a.* Juicy.
sùgh-bhrìghear, see sùgh-bhrioghmhor.
sùgh bhrioghmhor, *a.* Juicy.
sùgh-bruich, *s.m.* Decoction, juice.
sùgh-cadail,‡‡ *s.m.* Opium.
sùgh-chraobh, see sùbh-chraobh.
sùgh-dharaich,** *s.m.* Mistletoe, see uil'-ioc.
sùgh-làr, see sùbh-làir.
sùghmhor, -oire, *a.* Juicy, sappy, moist. 2 Substantial, having much substance or solidity, solid, strong. 3 Sensible, intelligent. 4 Inventive. 5**Billowy. 6* Pithy. 7*Succulent.
sùghmhorachd, *s.f.ind.* Juiciness, succulency, sappiness. 2 Substantiality, solidity, strength. 3 Understanding, intelligence, acuteness of mind.
sùgh-pheuran, *s.m.* Perry.
sùghta, *past pt.* of sùgh. Absorbed, dried up, evaporated. 2 Saturated, filled, tightened. 3 Seasoned, as wood. 4 Boiled in. 5 Sucked. Fiodh s., *seasoned wood.* (sùghte.)
sùgh-ubhall, *s.m.* Cider.
sùgrach, -aiche, *a.* Mirthful, sportful.
———ail, -e, see sùgrach.
sùgradh, -aidh, -*s.m.* Mirth, diversion, sport, play, sporting, joke. Cha'n 'eil thu 'nad sh., *it is no joke to deal with you ;* cha'n e an s. a chur ris, *it is no joke to manage,* or *master him ;* dh'éirich iad suas gu s., *they rose up to play;* ri s., *in sport ;* nigheann donn an t-sugraidh, *the brown-haired sportive maiden ;* a' s. ri 'mhnaoi, *sporting with his wife ;* mu sh. *about mirth.*
sùgradh-baoth,(MS) *s.m.* Apishness.
sùibheag, -eig, -an, *s.f.* see sùbhag.
———ach, see sùbhagach.
suibhealas,** -ais, *s.m.* Sponging, sharking.
suibheallan,** -ain, *s.m.* Parasite.
suic, *gen.sing. & n.pl.* of soc.
sùicean, -ein, -an, *s.m.* Gag to prevent a calf from sucking.
suidh, *pr. pt.* a' suidhe, *v.a.* Sit down. 2 Incubate, sit on eggs.
suidh, ** *s.m.* Hero, champion. (saoidh.)
sùidh, see sùith.
sùidh, *v.* see sùgh.
suidhe, *pl.* -an & -achan, *s.m.* Beam or supporter of a house. 2 Seat. 3 Sitting. 4 Séjant, in *heraldry.* 5 Sederunt, session. 6‡‡Incubation. 7 Level shelf on a hill-side, where one would naturally rest. 8 see sùithe. 9* Act or state of sitting. A' s—, *pr. pt.* of suidh. Maide-

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

suidhe, *couple of a house; the spar to which is attached the chain or crook on which to hang pots over a fire in the middle of the floor*, also called maide-slabhraidh; dean s., *sit, be seated*; 'na sh., *he sitting*; 'na s., *she sitting*; s. bìdh, *a meal.*

suidheachadh, -aidh, *s.m.* Settling, arbitration, act of settling, appointing, arranging, planning. 2 Planting, act of planting. 3 Letting, act of letting for rent. 4 Setting the pattern for tartan or other cloth to be woven, formed by placing threads on a small piece of wood, according to the design proposed and kept as a key to the number of threads of each colour and the positions of the various colours in the pattern. 5‡‡ Specimen, pattern. 6 Set or pattern, as of tartan. 7 Order, arrangement, disposition. 8* Laying foundation, making framework. 9* Planting, colonizing, establishing. 10* Situation, posture. 11 Betrothing, arranging terms of marriage. 12 *Plan, model. A' s—, *pr.pt.* of suidhich. Air a' cheart sh., *on the same plan or pattern, as cloth*; s. fearainn, *a letting of lands for rent*; s. inntinn, *gravity.*

suidheach ail, -e, *a.* see suidhchte.

suidheachan, -ain, -an, *s.m.* Seat, chair, stool, pew, bench to sit on, settle. 2**Rustic seat. 3 Cushion. 4 Stern-seat in a boat. 5 (DC) Stook of corn (6 or 8 sheaves)—*Uist.* 6* Turf-sofa.

suidheachas, *s.m.* see suidhichteachd.

sùidheag, see sùbhag.

————ach, see sùbhagach.

————an, *dim.* of sùidheag.

suidheagan, see suidheachan.

suidhealachd,** *s.f.* Gravity.

sùidhean, *s.m.* Seam joining divided planks in a boat (see p. 77.) (sùdh.)

suidheann,** -einn, *s.m.* Ship's cable.

sùidhe-bhalach, see sùith-bhalach.

suidhe-bìdh, *s.m.* Meal, diet.

sùidhe-làir,* see sùbh-làir. 2* *s.m.* Framework, groundwork.

suidhich, *pr.pt.* a' suidheachadh, *v.a.* Settle, appoint, order, plan, arrange. 2 Place, plant, set. 3 Set, let for rent. 4* Betrothe, settle terms of marriage. 5 Win. 6**Pitch. 7** Repose. 8††Lease. 9**Make an appointment, agree. Sh. e an taigh (*no* am baile) *he let the house* (or *the farm*); sh. e a nigheann air, *he betrothed his daughter to him*; s. àite far an tachair sinn, *appoint a place where we shall meet*; sh. iad an stéidh, *they laid the foundation*; sh. Fionn an t-seilg, *F. arranged the hunt*; agus sh. an Tighearna gàradh, *and the Lord planted a garden*; sh. e beoshlaint oirre, *he settled an annuity on her*; sh. e a bhùth, *he pitched his tent*; sh. iad faire, *they set a watch.*

suidhichdeachd, see suidhichteachd.

suidhichear, *fut.pass.* of suidhich.

suidhichte, *a. & past pt.* of suidhich. Planned, settled, arranged, appointed, determined, fixed. 2 Placed, planted, set. 3 Let, let for rent. 4 Sedate, grave, steady. 5 Pitched, as a tent. 6 Established. 7 Composed. 8* Laid, as a foundation. 9* Pointed out. 10**Stationary. 12(DC) Married or deforis familiated (applied to the daughters of a family)—*Argyll.* Tha 'n t-àite s., *the place is appointed or determined, the property is let*; tha mi suidhichte air sin a dheanamh, *I am determined to do that*; duine s., *a sedate person*; air an là s., *on the appointed day*; is còir do na mnathaibh 'bhi s., *wives ought to be grave.*

suidhichteachd, *s.f. ind.* Steadiness, equanimity. 2 Consideration.

sùidhte, see sùithte.

sui'eag, see sùbhag.

suig, (AF) *s.* Pig.

sùig, *v.a. & n.* see sùg.

suigean,‡‡ -ein, *s.m.* Place made of straw-ropes to contain grain in a barn. The grain placed in a heap on the floor is confined from spreading by straw-ropes set round the margin. 2 Crupper.

suigeanta, (MS) *a.* Alacrious.

suigeart, -eirt, -an, *s.m.* Gladness, cheerfulness, joy, frisking of an animal for joy. 2(MS) Pith. 3* Blustering kind of expression of joy. Òla-maid slàinte Thearlaich le s., *let us drink Charlie's health with gladness*; a' dol le s. do 'n choille, *going frisking to the wood.*

suigeartach, -aiche, *a.* Frisking for joy, glad-cheerful, blythe.

suigeartachd,** *s.f.* Blythesomeness.

sûigh, see sûith.

sùigh, *v.a. & n.* see sùgh.

sùigheach,** *a.* Absorbent.

suighean, (for suidhean) *pl.* of suidhe.

sùighte, see sughta.

sùighteach, (MS) *a.* Attractive.

suigionnach, -aiche, *a.* see suigeartach.

suigleadh,** -idh, *s.m.* Snot.

sùil, *gen.sing.* sùl & sùla, *dat.* sùil, *voc.* a shùil] *n.pl.* sùilean, *gen.pl.* sùl, *dat.pl.* sùilean & sùilibh, *voc.pl.* a shùla, *s.f.* Eye, the eye. 2 Look, glance, cast of the eye in any direction, sight. 3 Hope, expectation. 4 Care, oversight, superintendence. 5 Orifice, opening. 6 Willow, see seileach. 7 Eye of a quern. 8**Regard, respect. 9**Loop-hole. 10** *rarely*, Tackle. 11 Eye through which the wool passes to spinning-wheel. 13 Thimble of a boat. 14**The letter S. 15(DC) Small cluster of herring in the water, less than a shoal—*Lochfyne.* 16 (AH) Hole in which the shaft of a tool like a pick-axe is fixed.

Bha mo cheud s., *my first glance or sight was*; thog e a sh., *he raised his eye*; gun s. r' a theachd, *not expecting his coming*; tha s. againn ris, *we expect him*; na bitheadh s. no dùil agad ris, *neither have expectation nor hope of him*; bitheadh s. agad orra, *watch or keep your eye on them*; an cuir tobar a mach as an aon sh. uisge milis is searbh? *will a fountain send forth from the same opening sweet and bitter water?* tha 'sh. ri teachd, *he expects to come*; dh' fhalbh na sùilean geala, *the blindness has gone*; nach ann agam bha na sùilean geala! *how stupid I was!* fliuch do sh., *wet your eye*, (or, fliuch do sh. mu'n lean e rithe, *wet your eye lest it sticks to it*) i.e. in case you have the evil eye, and the thing referred to becomes yours or dwindles away. The remark is usually made when relating something of an auspicious nature about a person in the hearing, who in turn would say "fliuch do shùil," meaning that the narrator was not to be envious of the prosperity of the other. The remark may be used in reference to one's property, as well as to his fame, &c. Cha'n i mo sh. is eagal duit, *there is nothing for you to fear from my eye* (another saying of the same nature as the last, only it comes from the party who has made the favourable remark about anyone, and adding, "Cha'n e mo sh. a's eagal duit;"); 's mò làn do sh. na làn do bhronn, *the full of your eye is more than the full of your belly*; s. mo thruaighe, *the eye that deserves pity*—the equivalent of a woe begone look; tha 'n s. ri lear, *their eye is towards the sea*; mòralachd na sh., *majesty in his aspect*; tha s. chrom aige, is said of one who looks

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

from the outer corner of his eye in a furtive manner ; s. mu 'n t-sròn, *to his cheek*—used in this way, chaidh innseadh dha s. mu 'n t-s., *it was told him to his cheek*. Beul mu 'n fhiacail, has the same meaning, only the mouth and teeth are mentioned instead of the eye and nose; s. na bràthan, *the eye of the quern* ; s. rag, *a dim eye* ; s. gheur, *a sharp eye*.

652. Sùil.

PARTS OF AN EYE—
1 Malaidhean, *eyebrows*.
2 Rosgan na sùla, fabhraidhean, *eyelashes*.
4 Toiseach na sùla, *end next to nose*.
5 Deireadh na sùla, *end farthest from nose*.
6 An dubhagan, fradharc na sùla, dubh na na sùla, *pupil*.
7 Cearcall na sùla, *iris*.
8 Ball na sùla, *eyelid*.
9 Clach na sùla, rinn an ruisg, ubhal, *eyeball*.
10 Geal na sùla, gealagan na sùla, *the white*.

†suil, *conj*. Before that, ere. see seal & sol. (sul.)
sùil-an-tòin,(AF) *s*. Cuttle-fish.
†suilbh, -e, *s.f*. Cheer, hospitality, geniality.
suil-bhalair, see suil-mhalair.
suilbhear, -a, *a*. see suilbhir.
———achd, *s.f*. see suilbhireachd.
sùil-bheum, -a, -an & -annan, *s.m*. Hurtful influence of the evil eye.
sùil-bheumach, -aiche, *a*. Having an evil eye. 2 Blasting with the eye.
suilbhir, -e, *a*. Cheerful, merry, joyful, hearty, pleasant. 2 *originally* Eloquent. Laoich nan gorm-shùil s., *hero of the cheerful blue eyes*.
suilbhire, *comp*. of suilbhir.
suilbhireach, -eiche, *a*. see suilbhir.
suilbhireachd, *s.f.ind*. Cheerfulness, joyfulness, gaiety, hilarity. 2 Alacrity. 3††Civility. 4 Frankness. 5 Merriness.
suilbhirich,** *v*. Animate.
sùil-charbh,(AF) *s.f*. Silver haddock.
sùil-chrìch, *Arran* for sùil-chritheach.
sùil-chrith, see sùil-chritheach.
sùil-chritheach, -ich, *s.f*. Quagmire, deep bog.
sùil-chruthaich, -e, see sùil-chritheach.
sùileach, -eiche, *a*. Having good eyes, sharp, quick-sighted. 2* Knowing. 3**Ocular. 4 Like an eye. 5 Eyed, having many eyes. 6 Of, or belonging to, the eye.
sùileachan,(CR) *s.m*. Warning, lesson, eye-opener. Bheir siod s. dha, *that will be a warning* or *lesson to him—W. of Ross*.
sùileachd,(AC) *s.f*. Influence of the evil eye.
sùileag, -eig, -an, *s.f.dim*. of sùil. Little eye. 2 Small orifice. 3 Small bubble, bell on liquor. 4 Little circular wooden vessel. 5**Pore. 6 (MMcD) Small vessel made of clay containing one Scots pint, and used for keeping milk —*Lewis*. 7(DC) Girl after three months of age, when she opens her eyes and looks about her. 8§ Common sallow (plant)—*salix caprea & s. aquatica*. 9 Earmark on sheep, see under comharradh-cluais. 10*Spot in cloth. 11 Little loop.
———ach, -aiche, *a*. Having little eyes. 2 Full of little eyes. 3 Full of small orifices. 4 Full of small bubbles. 5* Spotted. 6 Full of loop-holes.
sùilean, *n.pl*. of sùil.
sùilean,(DC) *s.m*. Boy child after three months of age when he opens his eyes and looks about him.
suileasg,** -eisg, *s.f*. Osier.
sùil-fhrasachd, *s.f*. Lachrymation.
suilleach,(CR) *a*. Clear, bright—*Suth'd*.
suilleag,** -eig, -an, *s.f*. Bell, bubble.
———ach, *a*. Full of bells or bubbles.
sùil-léigh, -ean, *s.m*. Oculist.
suil-leigheas,** -eis, *s.m*. Eye-salve.
sùil-leusach,** *s.f*. Wall-eye.
sùil-lighiche,* see sùil-léigh.
sùil-lionnach, -aiche, *a*. Watery-eyed.
sùil-mhalair, *s.m*. Cockatrice.
sùil-mhala-righ, see sùil-mhalair.
sùil-mhargach,** *a*. Forestaller.
sùil-mhargaidh, -ean, *s.m*. Forestaller of the market.
suil mu'n, *adv*. Ere, before.
sùil-radharc,*, *s*. Fascination. 2 Foresight. 3 Sense of sight vision. 4 Fate.
———ach,** *a*. Fascinating. 2 Having the sense of sight.
sùilteach, -aiche, *a*. see sùileach.
suim, *v.a*. Sum, compute.
suim, -e, -eannan, *s.f*. Sum, amount. 2 Consideration, respect, regard, care, attention. 3 (AH) Number of cattle, sheep and horses assigned to a certain holding as that which the tenant is entitled to keep, see sum. Cha bhi s. aige dh' éiric, *he shall not regard a ransom* ; cha'n 'eil s. ann dhomh-sa, *it makes no difference to me* ; gabh s, *pay attention* ; mur dìol sinn an s. cheart, *if we do not pay the right sum;* cha 'n 'eil s. sam bith aige do d' ghnothach, *he pays no attention whatever to your business*.
suim-bhliadhnail, *s.f*. Annuity.
suimeachadh,(AH) *s.m*. The periodical counting and adjusting of stock by tenants holding grazing in common.
suimealachd, *s.f.ind*. Respect, regard. 2 Importance. 3 Attentiveness, care, considerateness.
†suimear, -ir, -an, *s.m*. Shin, shank.
suimeil, -e, *a*. Attentive, regardful. 2 Momentous, important, considerable. 3 Considerate. 4 Respectful. Gu s., *regardfully*.
———eachd, see suimealachd.
suinn, *gen.sing. & n.pl*. of sonn.
suineann,** *s.m*. Stammering.
suip, *gen.sing. & n.pl*. of sop.
suipean, see sopan.
suipear, -ach, -an, see suipeir.
suipeir, -e & -each, *pl*. -an, *s. f*. Supper. S. an Tighearna, *the Lord's Supper, Eucharist* ; an déigh na suipeireach, *after supper*. [*suipear.]
suipeireach, -eiche, *a*. Cenatory.
———, *gen. sing*. of suipeir.
suirbhe, see suiridhe.
suirbheach, -ich, *s.m*. see suiridheach.
suire, *s.f*. Maid, nymph, mermaid, syren, fairy, nereids. Also used in a *pl*. sense.—**
suireach,* -eiche, *a*, see suiridheach.
———,* -eich, *s m*. see suiridheach.
suireadh, -idh, -idhean, *s.m*. see suire.
suireadh, see suiridhe.
suirghe,†† *s.f*. see suiridhe.
suirgheach, see suiridheach.
suirich, see suiridhe.
suiriche, *s.m*. Wooer. 2 Fool.
suirichean-suirich,§ *s, m*. Burdock (*lit*. foolish wooer)—*arctium lappa*. (ill. 653.)
suiridhche, see suiridheach.
suiridhe, *s.f.ind*. Courting, address, wooing, making love.
———ach, -ich, -ichean, *s.m*. Lover, wooer. 2

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

Shuffler. [‡ says better suirtheach & suireach, but he retains suiridhe & suiridheach as the principal spellings.]

653. Suirich-an-suirich.

suiridheach, -eiche, *a.* Courting, wooing, that courts or wooes. 2 Ready to court or woo.
————ail, -e, *a.* Gallant.
suirighe, see suiridhe.
suirim, -ean, *s.m.* see surram.
suirtheach, see suiridheach.
————adh, see suiridhe.
suirtheadh, see suiridhe.
suirthiche, -an, *s.m.* Suitor, lover.
suisdealadh,* -aidh, *s.m.* Drubbing. 2 Hard work, working by night and day.
sùist, -e, -ean, *s.f.* Flail. 2 Battle-flail, an implement of warfare much used in ancient times.
PARTS OF A FLAIL—
Buailtean, *swiple*, the part that threshes the corn.
Lorg, *staff, handle.* Lamhargan—*Arran.*
Sail shùiste, iall, iall shùiste, *the thong of sheepskin* which attaches the staff to the buailtean.
sùist, *v.a.* Thresh. 2 Beat, thump.
sùisteach, *a.* Pertaining to a flail. 2 Like a flail.
sùisteachadh,** -aidh, *s. m.* Threshing with a flail.
sùisteachd, *s. f.* Threshing, employment of a thresher.
sùisteadh, -idh, *s.m.* Threshing, act of threshing, 2 Thumping or beating, act of thumping or beating. A' s—, *pr.pt.* of sùist.
sùistear, -ir, -an, *s.m.* Thresher, one who threshes.
————achd, *s. f.* Process of threshing. 2 †† Business of threshing.
sùith, *s.m.* Soot. Neul an t-sùith, *the colour of soot.* [sùthaidh in *Gairloch.* ** gives *sùithe* as *nom.*]
sùith,** *v a.* Soot, cover with soot. 2 Season or dry in smoke.
sùith-bhalach, *s. m.* Chimney-sweep. [sùithebhalach.]
sùith dubh, *s.m.* The black sooty drops that fall from the inside of a thatched roof after a rainstorm.
suithe,** *s.* Balk, beam. (suidhe.)
súitheach, -eiche, *a.* Sooty, of, or belonging to, soot. 2 Full of soot.
sùitheachd,(MS) *s.f.* Sootiness.
sùithte. *past pt.* of sùith.
†sul,(M'M) *conj.* Ere, before.
sùl, *gen.pl.* of sùil. 2 see sùla. 3 see sult.
†sul, -uil, *s.m.* The sun.
sùla, *gen.sing.* of sùil.
sùla, (a sh— !) *voc.pl.* of sùil.
sulag,(MMcD) *s.f.* see sùileag.
sùlaiche,(AF) see sùlair.
sùlair, -ean, *s.m.* Gannet, solan goose—*sula bassana.* 2(AF) Any voracious bird. 3 Voracious person. [sulair—AH.]



654. Sùlair.

sùlaireach, -eiche, *a.* Of, or belonging to gannets. 2 Like a gannet. 3††Sharp-eyed.
sùlas, see sòlas.
sulas,* -ais, *s.m.* Complaisance, over-joy showing itself by gestures and expression of countenance. Air son sulais riut-sa, *out of sheer complacency to you*; 's e a rinn an *s.* ! *how overjoyed he was !*
————ach,* -aiche, *a.* Over-joyed, complaisant—*Islay.*
sùl-bheachd, -an, *s.m.* Attention. 2 Watchful, diligent observation. 3 Eyesight. Air gach taobh tha s., *on every side there is watchfulness.*
————ail, -e, *a.* Attentive. 2 Observant.
sulchair, -e, *a.* Cheerful. 2 Affable. 3 Hospitable. 4 Jocular. 5* Overjoyed. Gu s., *heartily.* [‡sulchar.]
————e, see sulchaireachd.
————eachd, *s.f.ind.* Cheerfulness. 2 Affability, frankness, heartiness. 3 Hospitality. 4 Jocularity.
sùlmhor, -oire, *a.* Quick-sighted.
————achd, *s.f.* Quick-sightedness.
sul mu'n,(MM) *adv.* Ere, before.
sùl-radharc, -airc, *s.m.* Eye-sight. 2 Foresight. 3 Fate. 4 Fascination.
————ach,** *a.* Provident, foresighted, foreseeing. 2 Fascinating. 3 Sharp-sighted.
————achd, *s.f.* Providence. 2 Sharp-sightedness.
sùl-sgàilich,(MS) *v.a.* Blindfold.
sult, -uilt, *s.m.* Fat, plumpness, fatness. 2 Comeliness, beauty. 3 Mirth, joy, jest. 4(AF) Fat herring. 5††Blubber. De sh. na talmhainn, *of the fatness of the earth*; s. is ìgh, *fatness and plenty.*
sultach,** *a.* Fat. 2(MS) Flabby.
sultag,(AC) -aig, *s.f.* Fat little girl or female beast.
sultaireachd,* see sultmhorachd.
sultan,(AC) -ain, *s.m.* Fat little boy or male beast. Mios sultain, *the month of fatness* (*October.*)
sultar, see sultmhor.
sultmhor, -oire, *a.* Fat, plump, in good condition, corpulent, lusty. 7 Fertile. 3 Fair, comely. 4 Merry, joyful, jolly. 5 Jesting, pleasant, jocose.
————achd, *s.f.ind.* Fat, fatness, plumpness, corpulence. 2 Comeliness, beauty. 3 Mirth, joy, jest. [**sultmhoireachd.]
Sultuine, *s.m.* September. [Preceded by the art. *an.* DC says second half of October and first half of November.]
sum, -uim, *s.m.* Sum. 2 As much ground as will

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

suffice four sheep (*soume.*)
sumach, -aich, *s.m.* Plaid.
sumag, -aig, -an, *s.f.* Cloth below a pack-saddle, saddle-cloth. 2 Rug on the back below a burden. 3 Anything ragged. 4 Footcloth, galligaskins. 5 Panel. 6**Pad. 7**Pack-saddle.
———ach, -aiche, *a.* Ragged. 2 Patched 3 Like, of, or belonging to, a pack-saddle.
sumaich,* *v.n.* Give the due number, as of cattle for joint pasture.
sùmaid, -e, -ean, *s.f.* Billow, surge, large wave. 2**Ridge. 3 The external senses [‡sumaid.]
———each, -eiche, *a.* Wavy, billowy. 2 Boisterous. 3**Ridgy.
sumaidean, *s.pl. W. of Ross* for somuiltean.
sumain, *pr.pt.* a' sumanadh, *v.a.* Summon, cite, prosecute.
sumain,‡ *s.f.* see sumanadh.
sùmainn, -e,-ean, *s.f.* Billow, surge, great wave. Cha siùil na sùmainnean glasa, *the blue billows are not sails.* [**sumain.]
———each, -eiche, *a.* Billowy, stormy. 2** Flowing. 3**Causing great waves.
sumair, -ean, *s.m.* Gulf. 2 Whirlpool 3 Sucker. 4 Swallower. 5 Drinker. 6 Glutton. 7 Sucker of a pump. 8 Drone of a bagpipe. (p. 722.) †9 Generation.
sumaire, *s.m.* Coarse cudgel, lethal weapon, beetle—*Sàr-Obair.*
sumaire,(AF) *s.m.* Leech. 2 Serpent. 3 Reptile.
suman,** *s.m.* Cital. †2**Interpellation.
———adh, -aidh, *s.m.* Summons. 2 Act of summoning. A' s—, *pr.pt.* of sumain.
sumanaich, *v.a.* Billow.
sumbaid, -e, -ean, *s.f.* see sumaid.
sumgadh,** -aidh, *s.m.* Aporrhœa.
sùmhail, -e, *a.* Close-packed, unbulky. 2 Tidy. 3 Quiet, peaceable, tame. 4** Strait-laced. 5* Humble, obedient, obsequious, as a person. 6††Smoothed. Opposite of dùmhail. Gu s., *tightly.* [pron. sùil in *Arran.*]
sumhaileachd,** *s.f.* Tightness.
sùmhlach,** *a.* Crowding, pressing together, abridging.
sùmhlachadh, -aidh, *s.m.* Packing closer, act of packing closer. 2 Taming, act of taming. 3 State of becoming tame or peaceable. 4 Abstract, abridgment, diminishing. 5 Bending tightly. 6 Bending together. 7* Creeping in, sitting or lying closer and closer. 8* Lessening or abridgment of bulk. A' s—, *pr.pt.* of sùmhlaich.
sùmhlachadh, -aidh, *s m.* Syllabus.
sùmhlachair,** *s.m* Abridger.
sùmhlachd, *s.f.ind.* State of being closely packed. 2 Condensation. 3 Peaceableness, quietness. 4 Tameness. 5* Obsequiousness. 6 Abjectness. 7* Littleness of bulk. 8 Tightness.
sùmhlaich, *pr.pt.* a' sùmhlachadh, *v.a.* Pack closer together, diminish in bulk, abridge, lessen, make less bulky. 2 Get less bulky. 3 Tame, make tame. 4 Become quiet or peaceable. 5 Bend tightly, tighten. 5*Lie closer together.
———ear, *fut.pass.* of sùmhlaich.
———idh, *fut.a/i.a.* of sùmhlaich.
———te, *past pt.* of sùmhlaich. Packed close. 2 Tamed, made tame, &c.
sùmhlas, -ais, *s.m.* see sùmhlachd.
sunais, -e, -ean, *s.f.* Loveage—*ligusticum scoticum.* (ill. 655.)
sunn,** *s.m* Puff, blast. 2 Push. 3 Fortification. 4**Wall.
——ach,**** -a ch, *s.m.* Strong fort. 2 Milking-place. 3 Summit.
sunnag, -aig, -an, *s.f.* Easy chair made of twisted straw.

655. Sunvis.

tailmrich, *s.f.ind.* Noise, bustle, confusion,noise of footsteps.
tailmsich,** for tailmrich.
tailp, -e, -ean, *s.f.* Bundle, bunch, parcel,piece.
tailpeach, -eiche, *a.* Bunchy, lumpish.
taim, *poetical* for ataim (tha mi,) I am.
†taim, *s.f.* Town.
tàimh, -e, *s.f.* Death. 2 Mortality. 3 Silence. 4 Fainting.
———, *gen.sing.* of tàmh.
tàimheach, -eich, *s.m.* Residence.
tàimhidh,(CR) *a.* Gentle, still—*Skye.*
tàimh-leac, -lic, *s.f.* Tombstone. 2** Heap of stones collected on a spot where a person has been killed or buried.
tàimhleasg,** see tàileasg.
†taimhliosg, *s.m.* see tàileasg.
taimhlisg,(AC) *v.n.* Traduce, contemn. Is tu 'n t., might mean, a traducing person, or one worthy of being traduced.
taimh-neul,** *v.n.* Slumber, fall into a sleep or swoon.
———-—, -neòil, -an, *s.m.* Slumber. 2 Swoon. 3 Trance, ecstasy. Thuit e an t., *he fell into a swoon.*
———-—ach, -aiche, *a.* Slumbering, like a slumber, trance or swoon.
taimhslich,(WC)*s.f.* Sounds heard before a party comes to occupy a house. Bha iad a' cluinntinn t. an seo, *they heard mysterious sounds here*—said of a haunted house.
tàimhteachd, *s.f. ind.* Home, abode, dwelling—*Rob Donn.*
†taimne, *s.* Torpor.
†taimthiu, *s.* Bed-death.
tàin, -e, -tean, *s.f.* Cattle, herd or drove of cattle. 2 Spoil, plunder. 3 Mental endowments. 4††Goods. 5* Wealth in flocks.
†tain, -e, *s.f.* Water. Folach-tain, *water-parsnip.*
†tàin, *s.m.* Land, country. [*s.f. gen.* -e.—††]
tainceil,(MS) *a.* see taingeil.
taine, *s.f.ind.* Thinness, slenderness, leanness.
taine, *comp.* of tana, More or most thin.
tàineach, *a.* Abounding in cattle or goods.
tainead, -eid, *s.m.* Thinness, degree of thinness. 2 **Tenacity. A' dol an t., *growing thinner and thinner.*
taineamh, *s.* Thaw—*Arran.*
†taineantach, *a.* Darting a double ray, corruscating.
taing, -e, *s.f.* Thanks, gratitude, obligation. 2 Acknowledgement. Gun t. dhuit, *in defiance of you ;* ni mi sin gun t. dhuit, *I will do that in spite of you ;* a' nochdadh do th., *showing your sense of gratitud ;* t. is buidheachas dhuit, *many thanks to you ;* chuireadh e annainn gu'n t. gun, *he would insist that (it was so) ;* neo-ar-thaing dhuit, *no thanks to you.*
taingealachd, *s.f.ind.* Thankfulness, gratitude.
taingealas, -ais, *s.m.* see taingealachd.
taingeil, -e, *a.* Thankful, grateful, acknowledging. Is t. is còir dhuit a bhi, *you ought to be very thankful;* bi t. nach 'eil seo na's miosa, *be thankful this is not worse ;* gu t., *thankfully.*
taingich, *v.a.* Thank, give thanks.
†tàinig, see thàinig.
tàinisteach, -eich, *s.m.* see tànaiste.
tainistear, see tànaiste.
———achd, see tànaistearachd.
tàinisteas,** *s.m.* Domination.
tàinistre, see tànaistre.
tainneachadh,(MS) *s.m.* Stain.
tainneadh, *Arran* for tainneamh.
tainneamh,‡ *v.n.* Thaw.
tainnleag,(CR) *Helmsdale & Kildonan* for seillean.
tainntean,** -ein, *s.m.* Thread.
———ach,** *a.* Thready, filmy, viscous.
tainte,(AF) *s.f.* Cattle taken as booty or spoil, booty.
tàintean, *n.pl.* of tàin.
———,* *s.pl.* Talents, faculties, accomplishments. Is mór na t. a bhuilich Dia ort, *great are the talents God has bestowed on you ;* bithidh do sgoil 'na t. dhuit ri d' bheò, *your education will prove an accomplishment to you for life.*
taip, -e, -ean, *s.f.* Lump, mass. 2 Clumsy person. 3**Rock. 4*Great wealth without any of the refined manners of genteel society.
taipeach,†† *a.* Lumpy.
tàir,(CR) -àire, *a.* Bad, mean, base, ill. Cha'n 'eil mi cho t. ri sin, *I am not so bad* or *base as that ;* cha'n 'eil mi na's tàire, *I am not worse* (in health)—*W. coast of Ross ;* cha robh am beannachadh na bu tàire na bha e roimhe aig an dithis ri chéile, *their salutation to each other was no worse than formerly*—W.H. 1. 13; cha bu tàir e, *he was not bad*—i.e. he was very good.
†tair, see thar.
tàir, -e, -ean, *s.f.* Contempt, reproach,disgrace, Fo th., *despised ;* gun taise gun t., *without effeminacy or reproach.* [*s.m.***]
tàir, -e, *a.* see tàireil.
tàir, *pr.pt.* a' tàireadh [& a' tàir,*] *v.a. & n.* Get, obtain,acquire. 2 Come. 3‡‡Be able. 4 Move off, go. T. as, *flee, escape ;* cha t. mi dol ann, *I cannot go ;* a' tàir orm, *despising me, looking down on me.*
tairbealach, see tairbhealach.
tairbeart, -eirt, -an, *s.f.* Isthmus. 2* Superabundance. 3 (McL & D) Peninsula.
———ach, *a.* Having isthmuses, peninsular.
———ach,(MS) *a.* Open-handed. 2* Superabundant, very abundant, almost superfluous, for tairbheartach.
tairbeartas, see tairbheartas.
tairbh, *gen.sing. & n.pl.* of tarbh.
tairbhe, *s.f.ind.* Profit, advantage, usefulness, avail, benefit. 2††Efficiency. Nithe gun t., *things without profit ;* t. eucorach, *unjust gain;* t. cha dean t' òr-chul réidh, *thy well-ordered golden hair cannot avail ;* an t-ainm gun an t., *the name or credit of anything without the profit or benefit of it—W. coast of Ross.*
———ach, *a.* see tarbhach.
tàirbhealach, -aich, -aichean, *s. m.* Defile, pass,

Digitized by INTERNET ARCHIVE
UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

narrow mountain valley. 2 Ferry, passage.
tairbhealachd,(MS) *s.f.* Availment.
tairbhean,(AF) *s.m.* Colic. 2 Bull-calf.
tairbheann,(AF) *s.* Parasite, insect, cattle-insect.
tairbheart, -bheirt, *pl.* -an & -bheirt, see tairbheartas. 2**Liberal action.
————ach, -aiche, *a.* Profitable, beneficial, abundant, bountiful. 2 Gracious. 3**Fruitful. 4**Liberal. Cho tairbheartach 's a tha iad, *so abundant are they.*
————achd, *s.f.* Ampleness.
tairbheartas, -ais, *s.m.* Bounty, free gift, benefit. 2 Usefulness, profit, advantage. 3*Superabundance. 4* Overflowing goodness Tairbheartas a làimhe, *the superabundance of his goodness.*
tairbhein,(AC) Surfeit. 2 Bloody flux in cattle.
tairbheirt,** *s.f.* Turpentine.
tairbhich,(MS) *v.a.* Accrue.
tàir-chainnt, -e, *s.f.* Reproachful speech, vituperation.
————eachd, -eiche, *a.* Reproachful, vituperative, using contemptuous expressions. 2 ‡‡Libellous. Gu t., *reproachfully.*
taircheadal,** -ail, *s.m.* Prophecy.
taircheall,** -ill, *s.m.* Act, action.
tàir-chomharradh, *s.* Brand.
tair-chreich,** *s.f.* Desert, merit.
tàire, *comp.* of tàir.
tàireach,** *a.* see tàireil.
————d, *s.f.* see tàirealachd.
tàiread,** -eid, *s.m.* Degree of vileness or contempt. A' dol an t., *growing more and more contemptible.*
taireag,** -eig, *s.f.* Provision. 2 Preparation.
tàirealachd, *s.f.ind.* Contemptibility, baseness, vileness, reproachfulness, abjectness, disgracefulness, contemptuousness. 2**Long life.
tàiream,** -eim, *s.m.* Dispraise, disparagement
-————ach,** *a.* Disparaging.
tàirean,** -ein, *a.* Descent.
taireasg, see tuireasg & toirsgian.
———— -luaithre, *s.* Sawdust, see tuireasg-l—.
tàireil, -e, *a.* Mean, base, contemptible, low, despised, disgraced, vile, disgraceful. 2 Degrading. 3 Reproachful, insulting, disdainful, contemptuous. A chainnt t,, *his contemptible speech*;gach ni bha t., *everything that was vile.*
taireis,** *adv.* After, afterwards, afterhand. T. mo chur 's an uaigh, *after I am in the grave.*
tairg, *pr.pt.* a' tairge, a' tairgseadh & a' tairgsinn, *v.n.* Offer, propose, proffer, bid. 2* see tairng. Th. e airgiod dhomh, *he offered me money*; t. air seo, *bid for this*—as at a sale by auction.
tairg,(CR) *s.f.* Cionnas a tha thu ? tha tairg agam, *how do you do ? I am fairly well.* Tha mi an tairg mhath, *and* tha tairg orm, which are heard in some parts are considered bad idiom in others—*Suth'd.*
†tairgeadh, -idh, *s.m.* Collecting. 2 Collection. 3** Endeavour. 4** Going, passing. 5 see tàirngneadh. Cha b' olc an tairge dha sin, *that was a most courageous attempt*—(WC.)
tairgeam,**(for tairgidh mi) I shall or will offer.
-————, *1st.per.sing.imp.* of tairg. Let me offer.
tairgear, *fut.pass.* of tairg. T. uan geal dhuit-se a ghrian ! *a white lamb shall be offered to thee, O sun !*
————,** *s.m.* Bidder.
tairgeil, see tairgheal.
tairgeug,**-geuga, *s.m.* Graft.
tairgheag,** -eig, *s.f.* Imp, brat.
tairgheal, -eil, *s.m.* Offering, oblation.
†tairgineach, -eiche, *a.* Prophesying.
tairgir,* *v.* see targair, *v.*
tairgir(e),* *s.m.* Offerer, bidder.
tairgire, see targradh.
tairgireadh, -idh, *s.m.* & *pr.pt.* Prophesying. 2 Prophecy.
-————an, *pl.* of tarrang.
tairgne, *pl.* of tarrang.
tairgneach, -eiche, *a.* Full of nails.
————d, *s.f.ind.* see targradh.
tairgre,** *s.f.* Prophecy.
tairgreach,** *a.* Prophetic, soothsaying. 2 Rhyming.
————d, *s.f.* Prophesying. 2 Proverb.
†tairgreadh, -idh, *s.m.* & *pr.pt.* Prophesying. 2 Prophecy.
tairgse, -achan, *s.f.* & *pr.pt.* of tairg, see tairgseadh. Thoir t., *make an offer.*
tairgse, *a.* Able. 2 (WC) Attempting. Tha mi tairgse bhi ag gluasad, *I am able to move about—W. of Ross.*
-————ach,* *s.* see tairgseadh.
-————ach,* *a.* Inviting, offering.
-————adh, -idh, *s. m.* Offering, act of offering. 2 Inviting. 3 Offer, proposal. A' t—, *pr. pt.* of tairg.
tairgsear,** *s.m.* Bidder.
tairgsinn, *s.f.* & *pr.pt.* of tairg, see tairgseadh.
tairiosg, -isg, -an, see tuireasg.
tairirich, see dairirich.
tairis ! *int.* The dairymaid's cry to calm an unruly cow at milking.
tairis, -e, *a.* Kind, sincere, loving. 2 Compassionate, tender-hearted, soft, tender, kindly, urbane. 3 Confidential. 4**Trusty, faithful, loyal. 5**Acceptable. Cha t. leam ur fàilte, *your invitation is not acceptable to me*; guth t. nam bàrd, *the mild voice of the bards.*
tairis,** *v.a.* & *n.* Love. 2 Come. 3 Stay, remain.
tairise, see tairiseachd.
tairiseach, -eiche, *a.* Loyal, faithful. 2 Ready. Earnest. 3 (DU) Loving, kind.
-————d, *s.f.ind.* Lovingness, affection, friendship, attachment. 2 Faithfulness. 3 Compassion, tender-heartedness. 4 Fidelity. 5 Truth. 6††Fealty.
tairisean,** -ein, -an, *s.m.* Cross band, tie.
tairisgein, *s.f.* see toirsgian.
tairisgil, *s.f.* see toirsgian.
tairisiomh,**a.Dear, intimate, friendly. 2 Trusty.
tairisneach, -eiche, *a.* see tairiseach.
-————d, *s.f.* see tairiseachd.
tairiste, see tairis.
————ach, -eiche, see tairiseach.
————achd, see tairiseachd.
tairleach,** *s.m.* Moisture.
tair-learach, -aiche, *a.* Transmarine.
tairleas,(CR) *s.m.* Cupboard—*Perthshire.*
tairm, -e, *s.f.* see taghairm.
tairmcheall,** -ill, *s.m.* Circuit.
tàirmeas,* *s.m.* Disdain, contempt.
————ail,* *a.* Disdainful.
tairn,* *s.f.* see taghairm.
tairn, *v.* see tarruing & tàirng.
tairne, *gen.sing.* of tarrunn.
tàirneach,** *a.* Thundering. Mar thannasg air slèibhte t., *like a ghost on thundering mountains.*
tàirneach, -aiche, *a.* Attractive, enticing. 2 Pulling, drawing, extractive. Le briathraibh t., *with enticing words.*
tàirneach, -eich, *s.m.* see tàirneanach.
taireag,** *s.f.* Drawer (in chest of drawers.)
tàirneanach, -aich, *s.m.* Thunder. 2 Thundering noise. Peilear tàirneanaich, *a thunderbolt.*
tàirneanachd, *s.f.* Fulmination.
tàirneanaich, *v.a.* Detonize.
tàirneanaiche,* *s.m.* Thunderer.
tàirng, -e, -ean, *s.f.* Nail, pin, peg. Bior-thàirng,

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

a coffin-nail.

tàirng, *pr. pt.* a' tàirngeadh, [a' tàirngich & a' tàirngeachadh,] *v.a.* Nail, fasten with nails. Tha t' fhardach air a thàirngeadh, *thy dwelling (coffin) is nailed.*

tàirnge, *s.pl.* Nails, pegs.

tàirngeach, -iche, *a.* Drawing, pulling. 2†† Abounding in nails.

tàirngeachadh,(a'), *pr.pt.* of tàirngich.

tàirngeadh, -idh, *s.m.* Fixing, nailing, act of fixing with nails.

tàirngich, *pr.pt.* a' tàirngeachadh, *v.a.* see tairng.

tàirngidh, *fut.aff.a.* of tarruing.

tairngire,** *s.f.* Promise.

tairn-na-ceusda, *s.f.* Pile-nail, passion-nail in *heraldry.* [Generally used in threes.]

tàirngnean-barraidh, *s. pl.* Rivet-nails in a boat—*Skye.*

tàirngnean-calpa, *s.pl.* Nails for joining planks together in a boat, see p. 77. *657. Tàirng-*

tàirngnean-daraich, *s.pl.* Boat-nails, | *na-ceusda.* see p. 77.

tàirngnean-fruillichd, *s.pl.* Roves.

tàirngnean-fuaigheil, *s.pl.* Nails for sewing together planks in a boat.

tairngnean-rang, see tàirnean-daraich.

tàirngnean-sgair, *s.pl.* Small nails, see sùidhean, under bàta.

tàirngte, *past pt.* of tàirng. Nailed, fixed with nails. 2 see tarruingte.

tàirnich,** *v. n.* Thunder, make a thundering noise.

tàirnnich,* (for tairngich) *v.a.* see tairng.

tàirnsinn,* see tairsinn.

tàirn-thoirm, -e, *s.f.* Thundering noise.

tairp,** *s.m.* Clod, (see tarp.)

——each, *a.* Strong. 2 Grand, pompous. 3 Cloddy.

tairseach,**¦-ich, *s.m.* Hinge of a door. 2 Threshold.

tairsgian, see toirsgian.

tair-shliabhach,** *a.* Transmontane.

tàirsinn, -e, *s.f.* Obtaining, act of obtaining or acquiring. A' t—, *pr.pt.* of tàir. Tàirsinn as, *flying, act of flying, escaping, or running away.*

tairsnean, see tarsannan.

tais, -e, *a.* Moist, damp, dank. 2 Soft, not tempered, as metal. 3 Faint-hearted, timid, not hardy. 4 Cold, spiritless. 5**Pitiful. 6 Remiss. 7 Relaxed. 8††Blunt. T. agus fiamh, *softness and fear.*

taisbean, *v. a.* Reveal, show, make manifest, table, present. 2 Bespeak. T. an t-airgiod, *table the money;* t. do thròcair dhuinn, *reveal thy loving-kindness to us.*

———, -ein, -an, *s.m.* Vision, revelation. 2 Apparition. 3 Appearance, figure.

———ach, -aiche, *a.* Revealing, that reveals, discovering. 2 Manifest. 3 Of, or belonging to a vision or apparition, apocalyptical. 4 Indicative, in *grammar.*

———adh, -aidh, *s.m.* Revealing, act of revealing, revelation, showing or disclosing. 2 Show, pageant. 3 Epiphany, Twelfth day. 4††Advertisement. 5 Manifesto. 6 Demonstration, demonstrating, celebration. 7 Apparition. 8 Appearance, appearing, see taisbean. Leabhar an taisbeanaidh, *the Book of Revelation.* A' t—, *pr.pt.* of taisbean.

taisbeanar,** *fut.pass.* of taisbean.

taisbeanta, *a. & past pt.* of taisbean. Revealed, discovered, shown, made evident, presented. Aran t., *shewbread.*

taisbein, see taisbean.

taisbeinte, see taisbeanta.

taisbim,(AC) for taisbeam, *1st. per. sing. imp.* of taisbean. 2 *Irish 1st.sing.indic.* of taisbean.

taisc, see taisg.

-——ealach, see taisgealach.

-——ealadh, see taisgealadh.

tais-chridheach, -eiche, *a.* Tender-hearted. 2 Faint-hearted, soft-hearted. 3 Irresolute.

———————d, *s.f.ind.* Tender-heartedness. 2 Faint-heartedness. 3 Irresolution.

taisdeal, -eil, -an, *s.m.* Journey, voyage, journeying, voyaging, pilgrimage, travel, march. Gu t. nan tonn gaireach, *to travelling of the foamy waves—Òran nam fineachan,* G 3, 4.

taisdealach, -aich, *s. m* Pilgrim, passenger, traveller. 2 Wanderer, saunterer. 3 Person that scuds or vanishes by. 4 Ghost. 5 Vagabond, itinerant. 6 Contemptible person.

———————, *a.* Itinerant, journeying, travelling, of, or belonging to a journey or traveller. 2 Like a traveller. 3 Like a wanderer or vagabond.

taisdealachd, *s.f.ind,* Pilgrimage, journey. 2 Wandering, sauntering, lounging. 3**Pedestrianism, travelling.

taisdealaiche,** *s.m.* Traveller, pedestrian. 2 Pilgrim. 3 Saunterer, lounger.

taise,* *comp.* of tais.| More or most soft or spiritless.

taise, see taisg.

——,** *s.pl.* Dead bodies. 2 Relics of saints.

——, *s.f.* see taiseachd.

taiseach, *a.* see taoiseach.

———————adh, -aidh, *s.m.* Softening. 2 State of becoming soft, moist or damp. 3 Growing effeminate, act of softening or moistening. 4 Making effeminate. 5 Effeminacy. 6 Softness. A' t—, *pr.pt.* of taisich.

———————ail, -e, *a.* Lenient, lenitive.

———————d, *s.f.ind.* Moistness, softness, dampness. 2 Effeminacy. 3 Timidity. 4 Weakness. 5* Extreme cowardice.

taisead, -eid, *s.m.* Degree of softness. 2 Weakness. 3 Cowardice, or 4 Moisture. 5 Effeminacy. 6 Timidity. 7* Extreme degree of cowardice or moistness. A' dol an t., *getting softer or more timid.*

———————ach,* -aich, *s.m.* Shroud, winding sheet. Ciste is t., *coffin and winding-sheet.*

taiseag,** -eig, *s.f.* Restitution.

tàiseal,(AH) *s.m.* Ghost. 2 Any mysterious object with a noiseless, irresistible motion—*Argyll.*

taisealach,(DMy) *s.m.* Any quantity in a heap or vessel of more bulk than was expected.

taisealachd, *s.f.* see taiseachd.

taisealadh, -aidh, *s.m.* Bulk, quantity, product. *prov.*

tàisealaich,‡‡ -e, *s.f.* Coming unperceived, like a ghost.

taisealan,‡‡ -ain, *s.m.* Reliquary, keepsake.

taisealbh,‡‡ *v.a.* Personate, represent.

———————adh, -aidh, *s.m.* Act of personating. 2 Likeness. 3**Exhibition. 4**Representation. A' t—, *pr. pt.* of taisealbh.

taiseallach, see taisgealach.

taisealladh, see taisgealadh.

taisear, see taibhsear.

-———achd,(WC) *s.f.* Capers, fun.

taiseil,** -e, *a.* Dampish, see tais.

taisg, *pr. pt.* a' taisgeadh & a' tasgadh, *v. a.* Deposit, lay up, hoard, treasure. 2 Bury. Taisgeargach claidheamh 'na thruaill, *every sword shall be put up into its sheath;* t. m' àitheantan, *lay up my commandments;* 'ga thasgadh, seachad, *hoarding it up.*

taisg, -e, -ean, *s.f.* Pledge, stake 2 Treasure. 3

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

††Anything laid by,deposit. 4**Reconnoitring, spying. 5* Saving. Ni sam bith a tha 'n taisg, *anything treasured up.*

taisg-airm, -ean-airm, *s.f.* Armoury.

taisg-aodach, -aich, -ean. *s.m.* Winding-sheet.

taisg-aodaich, *s.m.* Wardrobe.

taisgeach, -eiche, *a.* That hoards or lays up,saving, frugal, hoarding. 2 Inclined to hoard or lay up.

taisgeach,* -eich, *s.m.* Store, store-house. 2 Saving, pose. 3 Thing given in charge, treasure, hoard. 4**Budget. An t. math sin, *that good thing.*

taisgeachan,** -ain, *s.m.* Store-keeper. 2(WC) Keepsake.

taisgeadach,* see taisg-aodaich.

————, -aiche, see taisgeach.

taisgeadan, -ain,-an, *s.m. & f.* Storehouse,treasury. 2 Store accumulated for future supply.

taisgeadh,** -idh, *s.m.* Store, wealth.

taisgeal, -eil, -an, *s.m.* Finding of anything that was lost. 2* Reward for returning it. 3 (MMcL) Enchantment. 4*News. 'S ann air a thàinig na taisgealan 'nuair a rinn e sin! *what enchantment came over him when he did that!*

taisgealach, -aich, *s. m.* Spy, betrayer. 2 Reporter, discoverer. 3 Traveller, pilgrim. 4 Passenger.

————d,** *s.f.* Pilgrimage.

taisgealadh, -aidh, *s.m.* Report, news. 2 Discovery. 3 Prognostication.

taisg-eide, see taisg-aodach.

taisg-eudach, see taisg-aodach.

taisg-eudaich, see taisg-aodaich.

taisgear, *fut.pass.* of taisg.

taisg-ghuthachd,‡‡ *s.f.ind.* Mellowness of voice.

taisgidh,** *s.f.* Trunk. 2 Hoarding, laying up.

taisg-inntinn,** *s.f.* Reservedness. 2 Equivocation, mental reservation.

taisg-ionad, -aid, -an, *s.m.* Storehouse,treasury.

taisgte, *past pt.* of taisg. Hoarded, laid up. 2 Buried.

taisg-thaigh, see taigh-stòir.

taisich, *pr.pt.* a' taiseachadh, *v.a. & n.* Moisten, soften. 2 Dabble. 3 Bedrench. 4 Daunt. 5 Make effeminate. 6**Shrink with fear. 7 Blandish. 'Nuair thaisicheas bròn iad, *when grief softens them;* cridhe nach t. roimh fhuathas, *a heart that will not shrink before anything fearful.*

————te, *past pt.* of taisich. Softened, made soft. 2 Made effeminate. 3 Become soft or moist.

taisill,** *s.f.* Trespass. 2 Damage, injury. 3 Injustice.

taisleachadh, -aidh, *s. m.* Softening, wetting, making damp. 2** Bathing. 3** Making effeminate.

taisleachd, see taiseachd.

taislear, -ir, -an, *s.m.* see taibhsear.

taislich,(DMy) *s.* Soft, ghostly sound or movement in the dark.

taislich, ** *v.a.* Bathe. 2 see taisich.

————te, *past pt.* Bathed. 2 see taisichte.

taist,** *s.f.* Tache, button. 2 Loop. 3 Catch.

taisteag, -eig, *s.f.* Moment.

taisteal, see taisdeal.

————ach, see taisdealach.

taistearachd, see taibhsearachd.

†tait,** *s.m.* Pleasure. 2**Mercury.

taite, -an, *s.f.* **Beginning, commencement. 2 †† Glimpse, peep.

taiteach,** -ich, *s.m.* Abuse, reproach.

taiteadh, -idh, *s.m.* Pleasure, delight.

taiteadh,** *v.a.* Domify, tame, reconcile to a new home—*Perthshire & Argyll.*

658. Taithean.

taiteag, -eig, -an, *s.f.* Moment.

taithean,§ *s.m.* Lyme grass—*elymus arenarius.*

taitheasg, -eisg, *s.m.* Repartee.

taithigh, -e, *s.f.* see tathaich.

————each, -eiche, *a.* Usual, frequenting, coming often.

taithireach, *a.* Fond of. Chionn i bhi taithireach air fir, *because she is fond of men—Rob Donn.*

taithleach,** *s.m.* Peace, quietness.

taithleach,** *a.* Quiet, peaceable. 2 Bright. 3 Pleasant, handsome.

taithleach,** -ich, *s.m.* Excuse.

taithleachas, -ais, *s.m.* Excusation.

taith-léigh,** *s.m.* Surgeon.

taithneadh,** -idh, *s.m.* Splendour, brightness.

taithris, see tairis.

taitinn,** *s.f.* Pleasure, satisfaction.

taitinn, *pr. pt.* a' taitneadh, ††a' taitneachdainn & a' taitinn, *v.a.&n.* Please, satisfy, give delight to. 2(MS) Approve. 3**Be acceptable. Ciamar a th. e riut? *how did it please you?*

taitneach, -eiche, *a.* Pleasant, delightful, fascinating, agreeable, acceptable. 2**Grateful. 3**Satisfactory. 4**Becoming. Is t. an ni e, *it is a pleasant thing;* t. do 'n t-sealladh, *pleasant to the sight;* is t. leam t' fhaicinn, *I am happy to see you;* seud t., *a precious jewel;* toil th. Dhé, *the acceptable will of God;* ma s' e 's taitniche leat, *if it be more agreeable (seem better) to thee.*

taitneachadh, *s.m.* Approving, approval.

taitneachail,(MS) *a.* Acceptable.

taitneachas, -ais, see taitneas.

taitneachd, *s.f.ind.* Amenity. 2 *Taste. 3 Pleasantness,agreeableness,attractiveness, delight, satisfaction, delightfulness. 4 Approval, approbation, acceptability. Ann ad th., *in thy delights.*

taitneachduinn, -e, *s.f. & pr.pt.* see taitneadh.

taitneadh, -idh, *s.m.* Pleasing, act of pleasing, delighting, pleasure. 2** Approval, satisfaction, approbation. A' t—, *pr.pt.* of taitinn. Tionndaidh e gu do th., *it will turn to your satisfaction.*

taitneas, -eis -an, *s.m.* Quality of exciting pleasure or delight. 2 Pleasure, delight, satisfaction. 3* Pleasing to the taste.

taitnich, *v.* see taitinn. 2(MS)Addulce.

taitniche, *comp.* of taitneach.

taitnidh, *gen.sing.* of taitneadh. 2 *fut. aff.a.* of taitinn.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

tal,** *s.f.* Dropping.
tàl, -àil, -an, *s.m.* Cooper's adze, addice.
tàl-deis, *s.m.* Cooper's plane used for the right side.
tàl-cùil, *s.m.* Cooper's plane for the left side.
tàl-fuinn, *s.m.* Hoe.
tàlach,†† *a.* Having adzes.
talach, -aich, *s.m.* Complaint, murmur. 2 Dispraise. 3 Cause of reproach. Cha'n 'eil reusan talaidh agam, *I have no reason to complain.* 4 (DMy) Discontent, dissatisfaction.
talach,** -aiche, *a.* Complaining, murmuring, 2 Prone to reproach. 3 Apt to grudge.
talach, -aich, *s.m. & pr. pt.* of talaich, see talachadh.
talachadh, -aidh, *s.m.* Complaining, murmuring, act of complaining or murmuring. 2 Murmur, complaint. 3 Cause of complaint. 4 Repining. 5 Disparagement. A' t—, *pr. pt* of talaich. Cha'n ion dhuit a bhith talachadh, *you have no reason to complain* or *grumble.*
talachair,†† -ean, *s.m.* Complainer.
talachar, -aire, *a.* Complaining, murmuring. 2 Apt to complain.
tàladair,(MS) *s.m.* Attracter.
tàladh, -aidh, *s.m.* Enticing, act of enticing or alluring. 2 Act of taming, caressing or soothing, domesticating. 3 Hushing, act of hushing or rocking to rest, caressing. 4 Lullaby, cradle-song. 5* Getting attached to a person or house, as animals. 6**Making attached. 7**Elegy. A' t—, *pr.pt.* of tàlaidh.
tàladhach,** *a.* Attractive.
talag,(AF) -aig, *s.f.* Roach.
tàlag,†† -aig, -an, *s.f.* Little edge.
talaich, *pr.pt.* a' talach & a' talachadh, *v.a.&n.* Complain, murmur. 2 Be dissatisfied.
tàlaideach,(MS) *a.* Amusing, attractive.
tàlaideachd,(MS) *s.f.* Attraction.
tàlaidh, *pr.pt.* a' tàladh, *v.a.* Entice, allure. 2 Tame, caress, soothe, cajole, domesticate. 3 Hush to rest, as a cradled infant. 4 Get attached to a person or house, as an animal. Ma thàlaidheas peacaich thu, *if sinners entice thee.*
tàlaidhdair,(MS) *s.m.* Amuser.
tàlaidheach, -eiche, *a.* Abstractive.
tàlaidhte, *past pt.* of tàlaidh.
talainte,* *s. m.* Partition, division wall. [In *Gairloch*, *nom.* talaint, *gen.* -e, *n.pl.* -ean. Partition, generally made of wood—DU.]
talamh, *gen. sing.* -aimh & talmhainn, *pl.* -an, -nan & -anta,†† *m.* in the *nom.sing.* & *f.* in the *gen.* The earth. 2 Earth, land, soil. 3** Country. T. glas, *unploughed land ;* t. dubh, *black land ; 2* figuratively, *open weather,* i. e. absence of snow in winter ; t. dearg, *ploughed land ;* t. fliuch, *moist* or *wet land ;* t. tioram, *dry land ;* t. treabhaidh, *arable land ;* t. tilgte, *soil removed from one place to another ;* aghaidh na talmhainn, *the face of the earth ;* na talmhannan, *the lands* or *cultivated lots of a crofting township ;* thugadh mi d' an t., *I was taken to their country.* [*pl.* also talmhainnean.]
talamhaidh, -e, *a.* see talmhaidh.
talamh-eòlaiche, *s.m.* Geologist.
talamh-eòlas, *s.m.* Geology.
talamh-eòlasach, *a.* Geological.
talamh gaothaidh, *Lismore* for purrag. (appx.)
talamh-toll,‡‡ *s.m.* Cave. 2(CR) Opening over a burn running underground—*Skye & Argyll.* 3 (WC) Quagmire, uusafe ground. An old Gaelic prayer ran " Gun gléidheadh tu sinn o thalamh-toll, o mhointichean 's o shaighdearan dearga 'n rìgh," *save us from quagmires, from peat-mosses and from the king's red soldiers.*
talan, see talainte. 2 (MMcL) Partition in black houses about 3ft. high, for separating the portion occupied by the cattle.
tàlan, -ain, *pl.*-an & -tan, *s.m.* Chivalry, feats of arms.
tàlann, -ainn, *pl.* -an, -ainn, **-tan & -ainnean, *s.m.* Talent of money or mind.
talban,** -ain, *s.m.* Partition.
talca, -ailce, see tailce.
talcais,** *s.f.* Contempt.
talcanta, -ainte, *a.* see tailceach.
talcantas,** -ais, *s.m.* Sturdiness.
talcarra, *a.* see tailceach.
talchar, -air, *s.m.* Obstinacy.
talcharach,** *a.* Obstinate.
talcuis, *s.f.* see tarcuis.
———each, *a.* see tarcuiseach.
———eachd, see tarcuiseachd.
tal-fhradharc,** -airc, s. Caution, foresight, wariness.
————ach,** *a.* Cautious, wary.
tàl-fuinn, -ean, *s.m.* Hoe.
talgadh,** -aidh, *s.m.* Quieting, pacifying, pacification.
talganta, see talcanta.
†tall, see thall.
tall, *v.* Cut.
†tall, -a, *s.m.* Theft.
talla, -chan, *s.m.* Hall. 2 **House. 3**Court. 4**Rock. 5**Cleft of a rock. 6**Tower. T. nan sian, *the hall of storms ;* mac talla, *or* mac talla nan creag, *the echo ;* t. a' chiùil, *the music-hall.* [** *gen.* -ai.]
tallach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, halls, courts, &c. 2 Having halls, courts, &c.
talladh,** -aidh, *s.m.* Cutting off, lopping.
tallaid, *s.f.* see callaid. 2 Partition—*Badenoch.*
†tallair,** *s.m.* Thief, robber.
tallan,(AF) *s.* Hind.
talm,(AC) *v.a.* Obey, honour.
tàlmag,(CR) *s.f.* "Long-nosed mouse-like animal frequenting old walls," apparently the shrew —*Suth'd.*
talmaich,(AC) s. Honour, obeisance.
talmhaidh, -e, *a.* Earthly, terrestrial. 2 Temporal, worldly. 3 Irreligious 4 Powerful, strong, robust. 5 Weighty, substantial. 6 Sallow-complexioned, death-like. 7** Earthy. Nithean t., *earthly things ;* inntinn th., *a worldly mind ;* min th., *substantial meal ;* an cruinne t., *the terrestrial globe.*
talmhaidheachd, *s.f.ind.* Worldliness, earthliness, devotedness to worldly objects. 2 Paleness of look, sallowness. 3* Weightiness, substantiality.
talmhainn, *gen.sing.* of talamh.
talmhanach, *a.* Agrarian.
talmhanta, -ainte, -an, *s.m.* Mineral.
————ch,** *a.* Mineralogical.
————chadh,* -aidh, *s.m.* Growing or sticking together, as sods of earth. A' t—, *pr. pt.* of talmhantaich.
————chd,** *s.f.* Mineralogy.
talmhantaich,* *v.n.* Grow, as earth. 2 Stick together, as sods.
talmhionach, -aich, *s.m.* Minerals.
talmhuidh, see talmhaidh.
————eachd, *s.f.* Earthliness.
talmhuinn, see talmhainn.
talmraich, see tailmrich.
talog, see talag.
†tàl-radharc, see tàl-fhradharc.
————ach, see tàl-fhradharcach.
ta 'm, (for ta mi) I am.
†tám,‖ *s.* Rest, repose. 2 Plague. 3 Death.
†tamach,** *a.* Dull, slow.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

tàmadh,(CR) *s.m.* Onset, attack. 2 Grasping—*Dàin I. Ghobha.* Thug an cù t. air, *the dog tried to bite him,* or *tried to catch it.—W. of Ross-shire.*

tamaidh,** s.*m.* Slothful person.

tamail,(CR) *s.f.* Sense, judgment, wits. Chaill e a th., *he has lost his senses, he has lost his wits—W. of Ross.*

tàmailt, -e, -ean, *s. f.* Disparagement. 2 Disgrace, reproach, insult, scandal, shame, degradation. 3 Offence, indignity, affront, feeling of insult. 4 (MMcL) Chagrin. Thoir t., *disgrace ;* dean t., *disparage ;* osunn thàmailte nan laoch, *the heroes' sigh at their disgrace ;* ball tamailte, *an object of disgrace.*

tàmailteach, -eiche, *a.* Humiliating, disparaging. 2 Reproachful, disgraceful, degrading, 3 Taunting, insulting. 4 Indignant, inflamed with resentment at an insult, indignant. 5 Ready to take offence, impatient of insult. [*comp.* -tiche,] Gnàth-fhacal t., *a taunting proverb.*

tàmailteachadh, *s.m.* Degradation, debasement, disgrace. 2 Disdain. 3 (MS) Aspersion. 4 Disgracing, degrading.

tàmailtear,* -eir, -an, *s.m.* Taunter, vilifier.

tàmailtich,** *v.a.* Degrade, disgrace. 2 Affront, reproach.

tamall,†† see tamull.

tamaluadh, *s.m.* Process of softening wool by putting butter on it.

taman,** -ain, *s.m.* Trunk or body of anything.

tàmh, *pr.pt.* a' tàmh, *v.n.* Rest, stay, remain, repose. 2 Settle. 3 Dwell, inhabit. 4 Cease, desist, give over. T. de d' sgeig, *give over your jeering ;* tàmh ! tamh ! mo leanaibh, *sleep ! sleep ! my child ;* ag obair gun t., *working incessantly ;* 'san àm bu chòir dhomh tamh, *when I ought to repose.*

tàmh, -àimh, *s.m.* Rest, quiet, ease, quietness. 2 Delay. 3 Sleep. 4 Dwelling, abode, act or state of dwelling. 5* Idleness, inactivity. 6 Staying, act of staying or remaining. 7 ** Ocean. 8**Plague. 9**Ecstasy.

Àite-tàimh, *place of rest, refuge ;* c' àit' an t. dhuit ? *where is your place of abode ?* a' t. 'san àite seo, *dwelling here ;* tha i 'na t., *she is idle;* tha e 'na th., *he is idle ;* cha t. dhuit-sa, *you do not pass your time in idleness;* leig t. dhomh, *let me alone ;* nach leig thu t. dhomh ? *will you not let me alone ;* am fear a bhios 'na th. cuiridh e 'n cat 'san teine, *an idle man will put the cat on the fire*—the English equivalent is, *the devil always finds something for idle hands to do;* am bheil thu 'nad th. ? *are you at leisure ?* is olc a' mhuir a ghluaiseas á tàmh, *it's a bad sea that rises suddenly ;* na féidh 'nan t. air sgur-eild, *the deer at rest on their rocks.*

tamh, -aimh, see tabh.

tàmhach, -aich, *s.m.* see tàmhaiche & tàmhachadh.

tàmhach, -aiche, *a.* Dull, heavy, drowsy. 2 Causing ease or rest. 3 Fond of rest, supine, indolent, sluggish. 4††Dwelling.

tàmhachadh, -aidh, *s.m.* State of resting, reposing or becoming tranquil, quieting, settling. 2**Acquiescence. A' t—, *pr.pt.* of tàmhaich.

tàmhachd, *s.f.ind.* Dulness, heaviness, sluggishness. 2** Rest, repose, tranquility, settled state. 3 Abode. Bhi t. am buaait, *dwelling in security—B.Doran, l. 97.*

tàmhadair, -ean, see tàmhaiche.

tàmhadh, -aidh, *s.m. & pr.pt.* see tàmh.

tàmhaich, *pr.pt.* a' tàmhachadh, *v.n.* Rest, repose, become tranquil. 2 Tranquillize, settle. 3**Acquiesce. 4††Dwell.

tàmhaiche, -an, *s.m.* Dweller, inhabitant, resident, lodger. 2 Indolent, procrastinating person. 3**Dolt. 4††Lethargic person. Tàmhaiche baile mòir, *a citizen.*

tàmhaiche, *s.f.ind.* see tàmhachd.

tàmha dh,(AF) *s.f.* Cow that stands gentle.

tàmhaim, (for tamhaidh mi) I will rest.

tàmh-airneis,** *s.f.* Fixtures, furniture that is immoveable.

tàmh-àite, -an, *s. m.* Habitation, abode. 2** Place of rest. 3 see tàbh.

†tamhan, -ain, -an, *s.m.* Trunk, body, block, stock. 2 Dolt.

tamhan,** -ain, *s.m.* The spleen.

tamhanach, -aiche, *a.* Vapourish, doltish, sluggish, splenetic.

tamhanach, -aich, *s.m.* Dolt, blockhead. 2 Inactive fellow.

tamhanachd,** *s.f.* Stupidity, doltishness. 2 Inactivity. 3 Sluggishness. 4††Idleness.

tàmhanta, -ainte, *a.* Doltish, sluggish, slow.

tàmhantachd, *s.f.ind.* Doltishness, sluggishness, slowness.

†tàmhantas -ais, *s.m.* see tàmhantachd.

tàmharach, see tàmhanach.

tamh-ard, see tabh-ard.

tamhasg, -aisg, -an, *s.m.* Blockhead,fool,senseless person. 2 Dwarf, pigmy. 3* Ghost,spectre, apparition. 4 Shade or double of a living person.—J.C.G.,W., 123. 5(DC) Snipe. 6†† Brownie. B' e do th. a bh' ann, *it was your double.*

tamhasgach, -aiche, *a.* Foolish, doltish, stupid, senseless. 2 Dwarfish. 3 Ghostly, spectre-like. 4 Abounding in brownies.

tamhasgail,* -e, *a.* see tamhasgach.

tàmh-leac, -lic, *s.f.* see taimh-leac.

tamhsan, see amhsan.

tàmh-shuain, -e, *s.f.*Trance, ecstasy. 2 Profound sleep.

tamull, -uill, -an, *s.m.* Space of time, length of time. 2 Space, distance, T. dhi 'na tosd, *she being a short while silent ;* an ceann tamuill, *in a short while ;* rè tamuill, *for a little while;* car tamuill bhig, *for a short while ;* t. as, is a thaic ri 'shleagh, *a short distance away, leaning on his spear.*

†tàn, -àin, *s.m.* Country, region, territory. 2 Ground, land, earth.

†tàn, -àin, *s.m.* Time, season. An tàn, *when, at the time.* [tan.‡]

tàn,* -àin, *s.m,* see tàin.

tan,** *a.* Shelvy.

tana, taine, *a.* Thin, not thick. 2 Thin, not close together, not numerous. 3 Thin, as liquid. 4 Thin, slender, slim, lean, attenuated. 5 Shallow, as water. 6**Liquid. T. o là gu là, *thin from day to day ;* ni t., *a thin thing ;* duine t., *a lean person;* àite t., *a shallow place* (in water), *a shoal ;* brochan tana, *gruel ;* a' teachd le 'lainn th., *coming with his thin sword.*

tàna, *gen.* of tàn.

tànach, *gen.* of tàn.

tanachadh, -aidh, *s.m.* Thinning, act of making thin, slender or liquid. 2 Rarifying, diluting, dilution. 3 State of becoming thin. A' t—, *pr.pt.* of tanaich.

tanachail,** *a.* Attenuant.

tanachd, *s.f.ind.* Thinness.

tanad, -aid, *s.m.* see tainead.

tanadh, *a.* see tana.

tanaich, *pr.pt.* a' tanachadh, *v.a. & n.* Become thin. 2 Make thin, shallow, slender or lean, rarify, attenuate, grow thin, slender or lean, grow rarified. 3† Get shallow, shoal. 4(DU) Thin out turnips.

tanaichear, *fut.pass.* of tanaich.

Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN
Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us

tanaichte, *past pt.* of tanaich. Thinned, attenuated, made thin. 2 Diluted, rarified.

†tanais,** *s.f.* Parable.

tànaiste, -an, *s.m.* Anything parallel or second to another. 2 Next heir to an estate. 3 Lord, peer, governor. 4 Regent, tainist. 5** The third name of dignity among the ancient Caledonians. 6 The ring-finger. 7**Second son. 8**Thane, prince. 9 **Trustee. 10**Tutor. An t-oighre agus an t., *the heir and next son* or *heir presumptive.*

tànaisteach, -eiche, *a.* Swaying, governing, act of governing as a thane or lord. 2 Surveying. 3 Dynastic.

tànaisteachd, *s.f.ind.* Office of a governor or lord. 2 Dominion. 3 Regency. 4 Dynasty. 5‡‡Parallel, state of being parallel. 6 Thanistry. 7* Trusteeship.

The regulative law of Celtic succession. It embraced certain main features, one of which was that the succession was always continued in the family of the chief within three degrees of relationship to the main line. Brothers succeeded preferably to sons to provide the tribe with a leader in all enterprises, while the succession was always obliged to be carried on with the approval of the clan—*Clan Donald, iii.*

Form of government under which the eldest of the family was entitled to succeed to the sovereignty or lordship on the death of the ruling prince or lord, during whose lifetime the t. was commander-in-chief.—**

tànaistear, -an, *s.m.* see tànaiste.

————achd, see tànaisteachd.

tànaisteas, -eis, *s.m.* see tànaisteachd.

tanaistre,** *s.pl.* Ancient laws or regulations.

tanalach, -aich, *s. m.* Shallow, shoal, shallow water. 2* Thin part of a hide. Thàinig am bàta o 'n doimhneachd gus an t., *the boat came from deep water to a shoal;* t. na seiche, *the thin part of the hide.*

————,** *a.* Short-winded.

tanas, see tannasg.

tànas, -ais, *s.m.* Dominion, lordship.

tanasg, see tannasg.

tanasgach, see tannasgach.

tancard, Gaelic spelling of *tankard.*

†tangabhair, *past* of thig, see thàinig.

†tangadar, *past* of thig, see thàinig.

†tangamar, *past* of thig, see thàinig.

tangaidich(MS) *v.n.* Restrain.

tàngnach,** *a.* Malicious, treacherous.

tàngnachd, *s.f.* Fraud, malice, grudge.

tàngnadh,** *s.m.* Treachery, deceit.

†tann, *s.m.* Prince.

t' ann, (for ta ann) Exists, Appears, Is present. 'S e a's àirde a t' ann, *he is the highest that exists.*

tannaidh, (DMK) *s f.* Inside fat of a bullock or sheep—*Suth'd.*

tannalach,** *a.* Bellowing. 2 Extremely painful.

————, *s.m.* see tanalach.

tannaladh,** -aidh, *s.m.* Bellowing. 2 Agony.

tannas, -ais, *s.m.* see tannasg. Tannais fhuar' a' sgreadail, *grizzly spectres shrieking;* feuch tannas dorch air creig, *lo, a dark spectre on the rock.*

tannasach, -aiche, *a.* see tannasgash.

tannasg, -aisg, *s.m.* Apparition, spectre, ghost, spectre of a dead person. Is toilinnuinn leam t. g' a langan a chluinntinn, *and delightful to me to hear her clear delicate lowing—Beinn Doran, l. 61.*

————ach, -aiche, *a.* Abounding in spectres or ghosts. 2 Like a ghost, ghostly.

taobh, -aoibh, -an, *s.m.* Side, flank. 2 Course, way, direction. 3 Liking, kindness, friendship. 4 Partiality, favour, injustice. 5 Patronage, support, countenance, aid. 6 Cause, account. 7 Place, quarter. 8 Side-board of a cart. An t. a muigh, *the outside, exterior;* an t. a staigh, *the inside, interior;* an t. cùil, *or* an t. air chùil, *the hinder part;* an t. beòil, *the front side;* dé 'n t. a chaidh e? *in what direction has he gone?;* cò 'n t.? *which side?* ri m' thaobh, *beside me;* a thaobh, *aside, astray;* 2 *by reason of;* cha'n 'eil fhios agam 'dé is t. dha, *I do not know what has become of him, in which direction he went;* thug e a thaobh i, *he seduced her;* a thaobh sin, *about that, because of that, on that account;* a th. sin dheth, *on that very account;* do m' th.-sa, *as for me, for my part;* cuir gu t., cuir a th., *put aside;* t. ri t., *side by side;* t. na mara, *the sea-side;* t. tìr, *ashore, the water's edge;* as an t. thall, *from the other side;* th. 'ur cùil is 'ur beòil, *behind and before you—Mort na Ceapach;* cum t. ris, *favour* or *countenance him.*

taobh, *pr. pt.* a' taobhadh, *v.n.* Side with anyone, favour, be partial. 2 Come nigh to, approach. Cha do th. e 'm baile, *he did not come near the town;* cha th. e sinne, *he will not come near us;* na t. mise, *do not come near me, keep at arm's length.*

taobhach, -aiche, *a.* Lateral, having sides. 2 Partial, favouring one party. 3 Inclined to be partial. 4 Friendly, kind.

————d, *s.f.ind.* Partiality, injustice. 2** Faction. 3**Presumption.

————adh, -aidh, *s.m.* Act of drawing another's kindness to oneself. 2 Leaning to a side or party, partiality. 3 Countenancing. A' t—, *pr. pt.* of taobhaich.

taobhadh, -aidh, *s.m.* Siding, act of siding with anyone. 2 Act of approaching. 3 Commission. 4**Trusting, relying. A' t—, *pr.pt.* of taobh.

taobhag, -aig, -an, *s.f.* Patch, clout.

taobhaich, *pr.pt.* a' taobhachadh, *v.a. & n.* Draw or secure another's kindness. 2 see taobh.

————e, -an, *s.m. & f.* Partisan.

————te, *past pt.* of taobhaich.

taobhaidheachd, (MS) *s.f.* Adjacency.

taobhail, ‡‡ -e, *a.* Lateral.

taobhair,** *s.m.* Partisan. 2 Apostate.

taobhaisd, -ean, *s.* Hole in the side of a creel.

taobhalachd, ‡‡ *s.f.ind.* Laterality.

taobh a mach, *s.m.* The outside.

taobh a muigh,** *s.m.* The outside. 2 Without. 3 Outward.

taobhan, -ain, -an, *s.m.* Rafter. 2 Rib or small beam, laid on the rafters in buildings. 3** Patch on the side of a shoe. 4 Stringer of a boat, see bàta, F5, p. 73. 5 (MM) Purlin in *joinery.*

————ach, -aiche, *a.* Having beams or rafters. 2 Like a beam or rafter.

————aichte,** *a.* Raftered.

taobh-an-fhasgaidh, Lee-side.

taobh an fhuaraidh, Windward-side, weather-side (of a boat, &c.)

taobh a steach,** *s.m.* The inner-side.

taobh a staigh,** *s.m.* The inner side. 2 Within. 3 Inward.

taobh-bhreith, -ean, *s.m.* Partiality. 2 Partial or unjust decision. [Given by ** as a contraction of taobh-bhreitheamh.]

————————each, -eiche, *a.* Partial. 2 Unjust in deciding.

————————eamh, -eimh, *s.m.* Unjust judge. [** gives taobh-bhreith.]

taobh-cheum, -chéim, -an, *s.m.* Digression. 2‡‡ Side-step.

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

taobh-cheumach, -aiche, *a.* Apt to digress, digressing.
————nach,** *a.* see taobh-cheumach.
taobh-duilleig, -an, *s.m.* Page of a book.
taobh-ghabhail,** *s.f.* Secret fondness, hankering attachment, partiality.
taobh-gheal,** *a.* White-sided.
taobh-ghlas,** *a.* Grey-sided. O charraig thaoibh-ghlais, *from a grey-sided rock.*
taobh-ghorm,** *a.* Green-sided. 2 Blue-sided. Coire t., *a green-sided dell.*
taobh-ghreim, -e, *pl.* -ean & -eannan, *s.m.* Stitch in the side. 2 Pleuritic affection.
————each, *a.* Pleuritic.
taobh-leis, *s.m.* Lee-side.
taobh-leisg,(DC) *s.m.* (*lit.* a lazy side) Applied to the side of a boat when it bulges more than the opposite side.
taobh ri taobh, *a.* Accosted in *heraldry.*
taobh-shlat, *s.* Gunwale, see bàta, E7, p. 73. 2 Inside wale under the gunwale—*Argyll.*
taobh-shlatan, *s m.* Stringers, on which ends of rowers' benches rest in a boat.
taobh-shlighe, -an & -achan, *s.f.* By-way, foot-path leading parallel to a highway.
————ach, -eiche, *a.* Having by-ways. 2 Fond of going in by-ways.
taobh-shruth,* *s.m.* Eddy-tide. 2 Back-water.
————ach, -aiche, *a.* Abounding in eddying tides.
taobh-thoir, -ean, *s. m.* Creditor. 2**Commissary.
taobh-throm, -uime, *a.* Pregnant.
————achd, *s.f.ind.* Pregnancy.
taobh-thruime, *s.f.ind.* Pregnancy.
taobh-tire, -an-tire, *s.m.* District. 2 The shore. 3 Edge of the shore.
taod, -aoid, *s.m.* Halter, head-rope. 2 Hair-rope. 3 Chain, binding. 4 Cable. 5 (CR) Rope for leading or tying. 6* Reins. Ar crainn 's ar taodan, *our masts and our cables ;* bò air t., *a cow being lead.*
taodach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, halters, ropes or cables, haltered. 2 Furnished with ropes, &c. 3**Stubborn.
taodachan,** -ain, *s.m.* Stubborn creature.
taodan, -ain, -an, *s.m., dim.* of taod. Little halter, rope or cable.
———ach, *a.* Having, or pertaining to, little halters, ropes or cables.
taod-aoire, -an, *s.m.* Sheet (rope.)
taod-frithir,(AH) *s.m.* Halyard.
taodh,** *s.m.* Woollen yarn.
———al, see tadhal.
taodhair, -ean, *s.m.* Apostate.
————each, -eiche, *a.* Apostatical, that has apostatized.
————eachd, *s.f.ind.* Apostacy.
taog, -oig, see taoig.
taoghail, see tadhail.
taoghal, see tadhal.
————ach, see tadhalach.
taoghall, see tadhal.
taoghan, see taghan.
————ach, see taghanach.
taoghanta,** *a.* Shy.
taoghar,(MS) *s.m.* Occursion.
taoghas, -ais, -an, *s.m.* Grave.
taoghlaim, (for taodhlaidh mi,) I shall frequent.
†taoi, *a.* Ready. 2 Silent. 3 Mild.
†taoi, *s.f.* Birth. 2 Trope. 3 Turning.
taoibheumach, *a.* see toibheumach.
taoibhleach,†† -ich, *s.f.* Rough shove to a side.
taoig, -e, -ean, *s.f.* Fit of passion, frenzy.
——each, -eiche, *a.* Passionate. 2 Impassioned, angry, enraged, frantic.
†taoighin, *s.f.* Mill-pond.
taoim, -e, *s.f.* Bilge-water in a ship or boat. 2 **Dash of water.
taoimeach, -eiche, *a.* Having bilge-water. 2 Leaky, as a ship or boat.
taoinneadh,** -idh, *s.m.* Crispation.
taois, -e & taosa, *s.f.* Dough, leaven. T. ghoirt, *leaven.*
taois-cailc,* *s.f.* Putty.
taoiseach, -eiche, *a.* Of, or belonging to, dough, leaven or paste. 2 Abounding in dough. 3 Like dough, doughy. 4 Raw, ill-baked.
†taoiseach, -eich, *s.m.* Hero, chieftain, general, leader, commander, see toiseach. Bu lionmhor t. 'na luighe, *many a hero was laid low.*
taoiseadair, -ean, *s.m.* Baker.
————eachd, *s.f.* Baking, bakery, business of a baker.
taoiseil,** *a.* Doughy.
taoisg,* *v.n.* see taosg.
taois-ghlaodh, -aidh, *s.f.* Paste.
taoisinn, *pr.pt.* a' taoisneadh, a' taoisnich & a' taoisneachadh, *v.a.* Knead, 2 Leaven. T. tri miosairean, *knead three measures.*
taoismhor,** *a.* Doughy.
taoisneach,** *a.* Like leaven or dough. 2 Of leaven.
taoisneachadh, -aidh, *s. m.* Kneading, act of kneading. 2 Leavening. A' t—, *pr. pt.* of taoisnich.
taoisneadh, -idh, Same meanings as taoisneachadh.
taoisnich, *pr.pt.* a' taoisneachadh, *v.a.* Knead. 2 Leaven. see taoisinn.
————te, *past pt.* of taoisnich. Kneaded. Leavened.
taoisnidh, *jut.aff.a.* of taoisinn.
taoitear, -ir, -ean, *s.m.* Tutor, oversman, curator. 3 Trustee—*Suth'd.*
————achd, *s.f.ind.* Office of tutor, or curator, tutorage. 2 Tuition.
taois-tathaidh, *s.f.* Putty.
taoitirich, *v.a.* Tutor.
taolamach,** -aich, *s.m.* Parricide.
taom, -a, *pl.* -an & -annan, *s.m.* Plash of water or any fluid. 2 Jet,torrent. 3 Overflow. 4 Sudden illness. 5 Fit of anger or passion, frenzy. 6**Water that leaks through a vessel. Thàinig uisge 'na thaomaibh, *rain came in torrents.*
taom, *s.m.* Luff of a sail.
taom, *v.a. & n.* Pour out, bale, as water from a vessel. 2 Empty. 3 Overflow. 4 Shed. 5 Throw water out of any vessel. T. am bàta, *bale the boat ;* t. air e, *pour it on it ;* t. a' chairt, *empty the cart* (by tipping it) ; tràth thaom na filidhean an ceòl, *when the bards poured forth their strains.*
taomach, -aiche, *a.* That empties or pours out, emptying. 2 Overflowing, apt to overflow. 3 By fits and starts. 4 Subject to fits.
————adh, -aidh, *s.m. & pr. pt.* of taomaich. Same meanings as taomadh.
taomadh, -aidh, *s.m.* Pouring, act of pouring. 2 Emptying, act of emptying. 3 Overflowing, act or state of overflowing, flood. 4 Effusion. 5 Fit of sickness. A' t—, *pr.pt.* of taom. 6 (DMy) Turning the borders of ridges on the top, the practice of making "lazy-beds,"—*Lewis.* Fo th. dheòir, *under a fit of tears.*
taomaich, *v.a.* see taom, *v.*
taomaichte, *past pt.* of taomaich, see taomta.
taomair, -ean, *s. m.* Pump. 2 One who works with a pump.
————eachd, *s.f.ind.* Pumping.
taoman, -ain, -an, *s. m.* Vessel by which bilge-water is thrown out of a boat, baler. 2 Vessel to lave with. 3 Purlin, in *joinery.* Gabh

Generated on 2019-12-23 16:53 GMT / http://hdl.handle.net/2027/uiuo.ark:/13960/t81k4mp1k
Public Domain in the United States / http://www.hathitrust.org/access_use#pd-us
Digitized by INTERNET ARCHIVE
Original from UNIVERSITY OF ILLINOIS AT URBANA-CHAMPAIGN

an ladar no 'n t., *take the ladle or baler.*
taom-boile, -ean, *s.m.* Fit of madness or frenzy, raging passion.
————ach, -eiche, *a.* Frantic, furious, raging with anger or passion. 2 Uncertain. Is t. an t-iasg, is teugmhaileach an t-sealg, *fishing is uncertain and hunting risky (as means of livelihood compared with agriculture.)*
taom-fheachd, Full muster band. 2 (MMcL) Down-pouring host, on-settling host. Togaibh leibh gun airc, gun eusbhuidh, taom-fheachd seasmhach cunnbhalach, *raise a full-muster band, lacking nothing, without stint, trusty, competently arranged—Fiùdh, p. 68.*
taomta, *past pt.* Poured out, overflowed, emptied. [taomte.]
taosa, *gen.* of taois.
taosainn, *v.a.* see taoisinn.
taosdadh,(WC) -aidh, *s.m.* Cuddling or squeezing a girl. Dé an t. a th' ort ? *why do you cuddle so ?*
taosg, -a, -an, *s.m.* Precise full of a liquid measure. 2 Pour, jet, rush of any fluid. 3 Fit. 4††Good quantity of water in a vessel. 5* Near the full of a dish, cask, pitcher, cart, &c.
taosg, *pr.pt.* a' taosgadh, *v.a.* Pour out. 2 Pump. 3 Drain, empty. 4 Circumfuse, effuse.
taosgach, -aiche, *a.* Full to the brim. 2 Pouring, rushing. 3 Irregular, in fits, fickle, uncertain. 4 Apt to overflow. 5 Overflowing. Duine t., *a fickle man ;* ni t., *a precarious thing.*
taosgadh, -aidh, *s. m.* Pouring, act of pouring. 2 Pumping, act of pumping. 3 Draining, act of draining. 4 Overflowing, overflow. A' t—, *pr.pt.* of taosg. A' t. a duibh-neoil air na gleanntan, *pouring her dark clouds on the valleys.*
taosgaiche,** *s.m.* One who works at a pump.
taosgaid,* -e, -ean, *s.f.* Fickle female.
taosgair, -ean, *s.m.* One that pumps. 2 One who acts unsteadily or by fits and starts, fickle person.
————eachd, *s.f.ind.* Pumping, labouring at a pump. 2 Draining. 3 Unsteadiness. 4 Profusion. 5 Folly.
taosgan, -ain, *s.m.* Pump.
taosgta, *past pt.* of taosg. Poured out, emptied. 2 Pumped. 3 Drained. [taosgte.]
taosnadh, see taoisneachadh.
taosnadh, *s.m.* Horse-play, playing rantipole—*Rob Donn.*
taothal, -ail, -an, see tadhal.
tap, -aip & -a, *pl.* -an & -achan, *s. m.* Tuft of wool or flax wreathed on a distaff. 2 Forelock, forelocks.
tap, *pr. pt.* a' tapadh, *v.a.* Hood or thread a fishing hook—*Islay.* [stalcadh elsewhere.]
tapach, -aiche, *a.* Bushy, having thick forelocks.
tapachd, *s.f.* Quickness, activity, alacrity, cleverness. 2 Manliness, boldness, heroism.
